

LIFE & WORK

(GAELIC SUPPLEMENT)

1932 - 1935.

2852(41)05.

49163



Presented by

Dr. D. Lamat, 1955.

Dh. 7.28.

~~Ag. 7.28~~

Digitized by the Internet Archive
in 2011 with funding from
internet archive



Bladhna Mhaith ùr dhuibh

THA sinn a' guidhe bliadhna mhaith ur d'ar luchd-leughaidh air feadh na Gàidhealtachd uile. Tha sinn an dòchas gu'm bi slàinte is soirbheachadh aca rè na bliadhna so, ach os cionn gach ni eile, gu'm bi beannachd an Tighearna maille riù. Oir as eugmhais beannachd an Tighearna chan 'eil 'n ar beatha agus 'n ar saothair uile ach dìomhanas.

Chan 'eil àireamh ar làithean ach goirid ; tha bliadhnachan ar beatha a' dol seachad mar shruth, is bithidh mòran de na tha gealltuinn sìneadh làithean dhaibh féin aig toiseach na bliadhna so anns an t-siorruidheachd m' an tig i gu crìch. Gu'n teagaisgeadh Spiorad an Tighearna gliocas dhuinn ; gliocas leis an gnàthaich sinn an saoghal so mar dhaoine aig a bheil fhios gu'n téid sgiamh an t-saoghail so seachad.

NA GÀIRDEANAN SIORRUIDH

Is e an Dia bith-bhuan d' àite-còmhuidh, fodha tha na gàirdeanan siorruidh.

Deuteronomi, xxxiii, 27.

Ann am fear d'a leabhraichean tha an t-Urramach Tearlach Spurgeon ag innseadh mar a fhuair e misneach is fois cridhe o fhacal Dhé, uair a bha e ann an diobhail misnich. "Anns a' bhliadhna 1854," tha e ag ràdh, "mu'n gann a bha mi bliadhna ann an Lunninn thòisich am fiabhrus-dubh anns a' cheàrn de'n bhaile anns an robh mi ag obair. Bha teaghlach an déidh teaghlach a' tuiteam sìos leis, agus is gann a bha latha dol seachad nach robh mi a' cur cuid-éigin fo'n fhòid. Bha mo chridhe goirt agus mo bhodhig sgith, agus mu dheireadh thòisich eagal air mo bhualadh gu robh an galair uamhasach a' deanamh greim orm féin. Feasgar a bha mi a' tilleadh dhachaidh, o thìodhlacadh, agus mo chridhe trom, chunnaic mi pàipear air a chrochadh ann an uinneig greusaiche air an t-sràid. Thug mi sùil air a' phàipeir anns an dol seachad, agus ciod a bha sgrìobhta air ach na briathran so, "*Is e an Dia bith-bhuan d' àite-còmhuidh, agus fodha tha na gàirdeanan siorruidh. A chionn gu'n d' rinn thu an Ti as àirde 'na ionad-còmhuidh dhuit chan éirich olc air bith dhuit, agus cha tig plàigh an fagus do d' bhùth.*" Thug mo chridhe piosgadh as agus ghreimich na briathran air m' inntinn mar nach gabh e innseadh dhomh. Ann an làn-dearbhadh creidimh ghabh mi ris a' ghealladh phrìseil, agus le cridhe foisneachail is neart ùr, lean mi orm am measg luchd an

fhìabhruis, oir bha mi nis a' faireachduinn gu robh mi crioslaichte le neo-bhàsmhorachd."

Dhearbh Mgr Spurgeon 'na fhiosrachadh féin gur fear facal an t-salmadair, "*Bheir fosgladh do bhriathar solus.*" Tha facal Dhé beò agus éifeachdach ; bheir e chan e mhàin solus ach mar an ceudna neart agus misneach agus dòchas dhaibh-san a ghabhas ris. Smuain-icheamaid, ma ta, air an fhacal so, an dòchas gu'm faigh sinn ni-eigin ann a bhios dhuinn mar acair do ar n-anam.

Tha na briathran air am faotainn anns a' bheannachadh leis an do bheannaich Maois, an duine le Dia, clann Israeil roimh a bhàs. Fad iomadh bliadhna bha Maois 'n a athair do chloinn Israeil, 'n a lorg agus 'n a bhata dhaibh a là agus a dh' oidheche. B' esan caraid a bu dilse agus a bu dlùthe a bha aca air thalamh, agus is ann ris a bha iad a' sealltainn anns gach deuchainn. Cho fhad agus a bha e air an ceann bha fhios aca nach robh eagal daibh, oir gheibheadh a ghliocas agus a chomhairle rathad air am fuasgladh as gach teinn. Ach a nis an uair a bha e air bheul am fàgail bhuaile eagal iad, oir cha bu leir dhaibh-ciamar a rachadh iad air an aghaidh as eugmhais. Sin an suidheachadh anns an do labhair Maois na briathran so. Chuir e 'n an cuimhne nach bu chòir dhaibh a bhì ann an diobhail misnich, oir, ged a bha esan 'g am fàgail, gu robh gàirdeanan fòdhpà a bu chumhachdaiche agus a bu chaomhaile na ghàirdeana-san, agus gu robh iad fo chùram agus fo ghlheidheadh an Ard-Bhuachaile air nach tuit clò cadail no suain. "Is e an Dia bith-bhuan d' àite còmhuidh, agus fodha tha na gàirdeanan siorruidh."

Is fhada bho chéile tìr ar dùthcha-ne agus tìr Israeil, agus is mòr an t-atharrachadh a thàinig air an t-saoghal o làithean Mhaois, ach tha an gealladh so cho prìseil dhuinne an diugh 's a bha e dhaibh-san an dé. Ma bha feum aig a' chinne-daonna air Dia ann an làithean an leanabais tha a' cheart fheum aca air fhathast, agus theagamh feum na's motha. Ged tha daoine an diugh 'n an oighreachan air ealadhain ùr is eòlas ùr nach robh aig an aithrichean, agus ged thug na nithean sin atharrachadh air am beatha o'n taobh a muigh, gidheadh tha cridhe mhic an duine gun atharrachadh, leònta le peacadh is eagal is bròn na beatha so mar bha e riamh, agus a' miannachadh a bhì air a threòrachadh gu càrraig as àirde na e féin.

Mar is motha a chnuasaicheas agus a

nheòmhraicheas mac an duine air crìoch àraidh a bheatha, agus mar is soilleire a chi e anfhannachd féin ri aghaidh fheartan dìomhair is chumhachdan nach 'eil comas sam bith aige thairis orra, is ann is mò a dh' fhairicheas e an feum a tha aige air Dia, agus a dh' aidicheas e gur e an sgeul as taitniche a b' urrainn da a chluinntinn, gu bheil an Dia bith-bhuan 'n a ionad-còmhnuidh dha agus gu bheil na gàirdeanan sìorruidh fodha.

Bidh daoine a' feuchainn ri ni-eigin fhaotainn a chuireas iad ann an àite Dhé, ni-éigin a shàsùicheas ionmrainn is feum an anama, ach sin iarraidh air nach robh riamh àgh. Obair, is airgid, is càirdeas, is toilinntinn, is gràdh mnatha is cloinne,—tha na nithean sin uile maith agus ion-mhiannaichte 'n an àite féin, agus ann an tomhas lionaidh agus riarachidh iad cridhe mhic an duine, ach thig an t-àm anns an abair e riu mar thubhairt Iob ri chàirdean, *Is luchd-comhfhurtachd truagh sibh uile.* Le claonadh nàdurra tha mac an duine ag iarraidh fàsaidh ann an dòchas agus ann an comhfhurtachdan na diadhaidheachd. Agus is e Dia toiseach agus deireadh na diadhaidheachd. Mar a ruitheas an abhainn do'n chuan as an tàinig i, mar sin tha anam an duine a' gluasad an còmhhdail Dhe, tobar a bheatha agus a neirt. As na doimhneachdan éighidh e ris.

Is e crìoch àraidh na h-eaglais agus uile mheadhnan an t-soisgeil anam an duine a tharruing gu Dia, chum fàsaidh is fois fhaotainn ann. Chan e an eaglais féin, no am Biobull, no na sàcramaidean, tearmunn an anama; chan 'eil annta-san ach lorgan is comharran a tha trèorachadh dhaoiné gu Dia, an tearmunn fìor agus làidir. B'e a' chrìoch cheudna a bha aig Crìosd ann an làithean fhèola. Thàinig e do'n t-saoghal a chum an t-Athair a nochdadh do dhaoiné, agus dh' fhaodadh suim an teagaisg a thug e seachad mu thimchioll an Athar a bhi air a chur anns na ceart bhriathran anns an do chuir Maois e, *Is e an Dia bith-bhuan d' àite-còmhnuidh, agus fodha tha na gàirdeanan sìorruidh.*

Faodar, ma ta, gabhail ri sgeul aoibhneach agus chomhfhurtachdail nam briathran so, chan ann a mhàin air ùghdarras Mhaois ach air ùghdarras as àirde, ùghdarras Mhic Dhé. An t-Athair a nochd esan do'n t-saoghal is Athair caomhail agus làidir e, tearmunn agus neart a shluaigh, comasach air an dìon agus an gleidheachd.

Is airidh Dia air an earbsa as mò a chuireas sinn ann. Fèòraich de na limtean a dh' fhalbh, an do chuireadh riamh gu nàire neach a dh'earb as? Tha mìle aobhar againn gun earbsa a chur annainn féin, ach chan 'eil aobhar idir againn gun earbsa a chur ann an Dia. Tha sinne luaineach ach tha esan seasmhach; tha sinne lag ach tha esan làidir, agus ma thilgeas sinn ar n-uallach air an uair a tha ar n-uallach trom, bheir e dhuinn an còmhmadh a gheall e. Tha an t-as-creideamh ag iadhadh gu furasda eadhon mu dhaoiné diadhaidh, agus air uairean bidh iad an dùil gu'n do dhì-chuimhnich Dia iad agus gu'n d' atharraich a chridhe d'an taobh. An uair a tha cùisean a' dol leò agus a tha gach ni a réir am miamh tha faireachduinn aca gu bheil maitheas agus trèair Dhé 'g an leantuinn, agus gu bheil a ghàirdeanan fòdhpá; ach an uair a tha cùisean a' dol 'n an aghaidh agus a tha cùrsa an fhreasdail dorcha is searbh 'n am beatha, ann an droch shlàinte, no ann an àm bròin, tha an creideamh agus an earbsa ann an Dia a' fannachadh, agus their iad riu féin gu'n do dhì-chuimhnich e iad.

Ach cha do dhì-chuimhnich Dia riamh a shluaigh; faodaidh eadhon màthair a leanabh eiche a dhì-chuimhneachadh agus gun truas a ghabhail dha, ach cha dhì-chuimhnich Dia a shluaigh. Anns an latha dhona cho cinnteach ris an latha mhaith, ann an àm calldachd, no bròin, no briseadh-dùile, tha a ghràdh agus a choibhneas thairis orra cho seasmhach ris a' ghréin. Faodaidh caochladh tighinn air ar creideamh-ne agus air ar faireachduinnean, ach cha tig caochladh gu bràth air gràdh Dhe no air a smuaintean trèaireach d' ar taobh. *Ged dh' atharraicheadh na beanntan, agus a ghluaisear na cnuc; chan atharraichear mo choibhneas-gràidh bhuait-se, agus cha ghluaisear coimhcheangal mo shith, deir Iehobhah.* Ge b'e àite an téid sinn cha tuit sinn as a làmhan-san, agus ann an làmhan an Tighearna chan éirich ole dhuinn cìod air bith a thachras.

An uair a tha sinn a' cur ar n-aghaidh air bliadhna ùir, a' dol a mach mar a chaidh Abraham agus gun fhios againn cìod a tha romhainn, deanamaid greim air a' ghealladh so ann am facal an Tighearna, *Is e an Dia bith-bhuan d' àite-còmhnuidh agus fodha tha na gàirdeanan sìorruidh.*

Tìodhlacadh nam Marbh

BU mhaith leam comhairle a thoirt air minis-tearan òga, gun iad a leigeil le an teaganna peacachadh, an uair a bhios iad ag ùrnuigh aig tìodhlacadh nam marbh, oir is e peacadh a tha ann a bhi cur suas ri Dia an

seòrsa ùrnuighean a chluinnear air uairean aig tìodhlacadh; ùrnuighean anns a bheil am marbh agus càirdean a' mhairbh air an slòbadh agus air am moladh thar tomhais. Tha an droch fhasan so a' tolladh a steach, ach air a shon sin

tha e grannda an sùilean dhaoine ceart. Agus ma tha e grannda an sùilean dhaoine nach fheum gu bheil e gràineil an sùilean Dhe !

An uair a thòiseachas ministear air na mairbh a mholadh a chum nam beò a thoileachadh, tha e a' tòiseachadh air rud nach bi furasda dha sguir dheth ; thèid am beag gus am mór, gus mu dheireadh an caill e a choguis agus a nàire gu buileach. Mar sin biodh e gl'ic 'n a thràth ; cuimhnicheadh e nach ann ri daoine ach ri Dia a tha e a' labhairt, is seachnadh e am fasan ùr so.

Tha amannan ann anns am bris a h-uile duine fùrail na riaghailtean àbhaisteach a tha aige ; an uair a tha muinntir baile no muinntir sgìreachd a' tiodhlacadh duine a bha sònraichte am measg chàich, a thaobh a shaothrach no a dhiadhaidheachd, tha e freagarrach gu leòr do mhinistear buidheachas a thoirt do Dhia air a shon sin. Ach a mach bhuaith sin bu chòir dha a bhì cùramach agus na mairbh fhàgail mar tha iad. Tha iad ann an làmhan an Tighearn d'an léir an olc agus am maith.

A thuilleadh air sin bu chòir do mhinistearan òga, an tùs an tòiseachaidh, a theagasg dhaibh féin a bhì òrdail 'nan ùrnuighean aig tiodhlacadh; gun dad a bhì anna ach athchuingean a tha freagarrach aig a leithid a dh' àm, agus an ùrnuighean a dheanamh goirid. Daonnan aig tiodhlacadh nam marbh is còir buidheachas a bhì air a thoirt do Dhia air son dòchas na beatha maireannaich.

Bhitheadh an ùrnuigh so no ùrnuigh eile coltach rithe freagarrach aig tiodhlacadh.

AIG AN TIGH

A Dhé naomh agus uile-chumhachdaich, a tha gun atharrachadh gun sgàile-tionndaidh, am measg uile chaochlaidhean ar beatha-ne, dh' iarramaid teachd ann ad làthair aig an àm so le urram agus eagal diadhaidh, ag a' aideachadh gu bheil thusa ceart 'n ad uile shlighibh agus naomh 'n ad uile-ghnìomharaibh. Cuidich leinn eadhon ann an là na trioblaid, an uair a tha ar cridheachan air an leòn gu goirt, t' àinm naomh a bheannachadh, agus a bhì strìochdta do d' thoil, oir tha fhios againn nach ann ann an corruich ach ann an gràdh a tha thu a' smachdachadh do chloinne. Meudaich, a Thighearna, ar creideamh, a chum 's gu'm bi dearbhachd againn gu bheil co-fhaireachduinn agad-sa ruinn 'n ar n-uile àmhgharan, agus dearbhachd mar an ceudna nach 'eil bàs no beatha, no nithe a ta làthair, no nithe a ta ri teachd, comasach air ar sgaradh bho do ghràdh-sa ann an Iosa Crìosd ar Tighearna.

Gu ma beannaichte gu robh t' àinm, a Thighearna, air son tiodhlaca lionmhor do ghràidh a mheal sinn ann ad fhreasdal gu ruige so, ach gu sònraichte, gu ma beannaichte gu robh t' àinm

air son an dòchais a thug thu dhuinn ann an soisgeul domh'ic, dòchas na beatha maireannaich. Buidheachas a bhì dhuit gu'n do naomhaich 'esan an uaigh, gu'n do sgrios e cumhachd a' bhàis, agus gu'n tug e beatha agus neo-bhàsmhorachd gu solus. Deònuich, uime sin, nach bi sinne ri bròn mar dhaoine aig nach 'eil dòchas, oir tha fhios againn gu bheil iadsan a fhuair bàs ann an Crìosd a nis aig fois, agus gu bheil làithean am bròn crìochnaichte.

Athair na tròcair, tha sinn a' guidhe gu'm biodh do làthaireachd bheannaichte maille ri muinntir an teaghlach so air an do rinn thu am briseadh goirt so. Gu'm biodh do fhreasdal air a naomhachadh dhaibh, air chor agus gu'n gabh iad ri do thoil gu ciùin agus gu h-iriosal, ag ràdh mar thubhairt do sheirbhiseach o shean, Thug an Tighearna uaith, thug an Tighearna leis ; beannaichte gu'n robh ainm an Tighearna. Nochd dhaibh do choibhneas, agus coimhion dhaibh do ghealladh, " An uair a shiùbhlas tu troimh na h-uisgeachan bithidh mise maille riut ; agus troimh na h-ainmhnicean cha tig iad tharad."

Ar n-Athair ata air nèamh, a tha teagasg dhuinn le guth do fhreasdal nach 'eil annainn ach luchd-turuis anns an t-saoghal so, tha sinn a' guidhe gu'n tugadh tu dhuinn gliocas gu bhì ag àireamh ar làithean, oir tha ar beatha a' dol seachad mar shruth. Cuidich leinn ar cridheachan a shoeruchadh air na nithean ata neo-fhaicsinneach agus siorruidh, agus roghainn a dheanamh de'n chuid mhaith sin nach h-urrainn an saoghal no am bàs a thoirt uainn. Agus do bhrìgh nach h-aithne dhuinn ciod an là no an uair a thig do ghairm 'g ar n-ionnsuidh, deònuich gu'm bitheamaid furachail is faicilleach, a' cur seachad ar làithean mar sheirbhiseich a tha feitheamh ri teachd am Maighstir. Amen.

AIG AN UAIGH

" Is mise an aiseirigh agus a bheatha, deir an Tighearna ; an ti a chreideas annam-sa, ged gheibheadh e bàs bithidh e beò ; agus ge b' e neach a ta beò, agus a' creidsinn annam-sa, chan fhaigh e bàs am feasd."

Gu ma beannaichte gu robh thusa, a Thighearna, a dh' ath-ghin sinne gu beò-dhòchas, tre aiseirigh Iosa Crìosd o na marbhaibh. a chum oighreachd neo-thruaillidh, agus neo-shalaich, agus nach searg as, a tha air a coimhead 's na n-èamhaibh dhuinn. Ann an dòchas cinnteach na beatha maireannaich tha sinn a nis a' càradh anns an uaigh duslach ar bràthar, a' tionnadh suas a' chuirp bhàsmhoir do'n duslach as an tàinig e, agus a' tionnadh anama dhuit-sa, ar Cruithear agus ar Fear-saoraidh. Ann an strì ar beatha, agus aig uair ar bàis, agus ann an là a bhreitheanais, a Thighearna, cuimhnic

Ar n-Athair ata air nèamh, o bhruaich na h-uaghe tha sinn ag éigheach riut, a' guidhe gu'n gleidheadh tu sinn o pheacadh agus o mhealltaireachd an t-saoghail, agus gu'n deanadh tu coimhionta sinn anns gach uile dheagh obair, ag oibreachadh annainn an ni a tha

taitneach ann ad làthair tre Iosa Crìosd ar Tighearna.

Gu robh gràs an Tighearna Iosa Crìosd, agus gràdh Dhé an Athar, agus co-chomunn an Spioraid Naomh, maille ruinn uile a nis agus gu sìorruidh. Amen.

Ann's a' Chathair

CIOD an t-aobhar gu'm bi ministearan òga agus foirbhich a' tòiseachadh an dràs 's a ris air peileastaireachd air Leabhar Aidmheil a' Chreidimh? Tha mi an dùil gur e so an t-aobhar, gu bheil Leabhar Aidmheil a' Chreidimh a' labhairt mar gu'm biodh eòlas na's cinntiche againn air rùintean dìomhair an Tighearna na's urrainn mac an duine fhaotainn.

Ann's na làithean so tha eòlas a' fàs agus a' meudachadh a h-uile bliadhna; tha am brat a bha foluch o shùilean ar n-aithrichean buadhan is mìorbhuilean a' chruthachaidh air a tharruing air falbh uidh ar n-uidh, air chor agus gu bheil eòlas agus tuigse aig a' ghineil so air oibrichean an Tighearna agus air dòighean an Tighearna ann an eachdraidh an t-saoghail nach robh aig na seann ghinealan, ach an àite a bhi air an séideadh suas leis an eòlas sin, no air an deanamh cinnteach is dàna is ladarna 'n an cainnt, tha daoine an diugh fada fada na's irisle na'n aithrichean an uair a labhras iad mu oibrichean agus mu rùintean Dhe. Mar is mò a tha eòlas a' fàs is ann is mò a tha daoine glic a' faireachduinn an aineòlais féin.

Cò an diadhair an diugh a b' urrainn a ràdh gu bheil rùn-dìomhair Dhe cho soilleir dha 's a bha e do na diadhairean a sgrìobh na briathran so ann an Leabhar Aidmheil a' Chreidimh?

- (1) *Le taghadh is òrdugh Dhe, a chum foills-eachadh a ghlòire, tha cuid de dhaoine agus cuid de ainglean air an sònrachadh a chum beatha sìorruidh, agus cuid eile chum bàs sìorruidh. Tha àireamh nan ainglean sin cho cinnteach 's nach gabh iad cur riu no toirt bhuapa.*
- (2) *Mar a shònraich Dia a mhuinntir thaghta chum glòire, mar sin shònraich e na h-uile mheadhonan 'g an saoradh le rùn sìorruidh is saor a thoile. Air an aobhar sin tha a mhuinntir thaghta, a thuit ann an Adhamh, air an saoradh le Crìosd, air an gairm gu h-èifeachdach gu creideamh ann an Crìosd le a Spiorad ag oibreachadh annta an àm iomchuidh; tha iad air an f'ireanachadh, air an uchd-mhacachadh, agus air an naomhachadh.*
- (3) *Thoilich Dia gabhail seachd air a' chòrr de'n chinne-daonna, agus an òrduchadh chum feirge agus eas-urrainn, air son am peacaidh, chum cliù a cheartais ghlòrmhoir,*

a réir rùn do-rannsaichte a thoile féin, leis a bheil e a' nochdadh no diultadh tròcair a réir a thoile.

- (4) *Tha naoidheana taghta, a bhàsaicheas 'n an naoidheana, air an ath-ghineamhuinn agus air an saoradh le Crìosd, tre an Spiorad a dh' oibricheas annta aig an àm agus anns an àite anns an toilich e. Mar sin cuideachd, tha na h-uile dhaoine eile a tha taghta, ach nach urrainn a bhi air an gairm o'n leth-muigh le ministrealachd an fhacail, air an ath-ghineamhuinn agus air an saoradh.*
- (5) *Ach daoine nach 'eil taghta, ged dh' fhaodas iad a bhi air an gairm le ministrealachd an fhacail, agus ged dh' fhaodas cuid de oibre coitichionn an Spioraid a bhi air an nochdadh annta, do bhrìgh nach tig iad gu Crìosd gu fìor, cha bhi iad air an saoradh. Cha mhò a bhios daoine nach 'eil ag aideachadh a' chreidimh Chris-duidh air an saoradh air dòigh eile, ciod air bith cho dìcheallach 's a dh' fhaodas iad am beatha a riaghladh, a réir solus reusoin, agus a réir lagh a' chreidimh a tha iad ag aideachadh.*
- (6) *Tha oibrichean maithe a tha air an deanamh le daoine nach 'eil air an ath-ghineamhuinn, ged dh' fhaodas na h-oibrichean sin a bhi ceart annta féin, agus air an àithneadh le Dia, agus a chum feum agus buannachd dhaibh féin agus do dhaoine eile; gidh-eadh a chionn nach 'eil iad a' teachd o chridhe a tha air a ghlanadh le creideamh; agus a chionn nach 'eil iad air an deanamh ann an dòigh cheart, a réir an Fhacail; no le rùn ceart, a chum glòire Dhe,—tha iad peacach agus chan urrainn Dia tlachd a ghabhail annta, agus cha mhò a ni iad duine iomchuidh air gabhail ri gràs Dhe. Ach air a shon sin tha e na's peacaiche do dhuine neo-iompaichte na h-oibrichean sin a dhearmad, agus na's mi-thaitniche do Dhia.*

Ann an aon seadh tha so uile fìor, no co dhiu cha ghabh e àicheadh, oir tha e cho fìor 's a b' urrainn dìomhaireachd de'n t-seorsa a a bhith, ciod air bith cainnt anns an cuirear i, ach air a shon sin tha so uile fada fada air falbh o Chrìosd agus o'n inntinn a bha ann an Crìosd,

agus o na nithean a bu dlùithe d'a chridhe. Tha mòran de Leabhar Aidmheil a' Chreidimh coltach ri rud a bhiodh air a sgrìobhadh le sgrìobhaichean nan Iudhach agus leis na Phairisich, daoine a bha gaolach air laghair-eachd; tha e fada air falbh o fharsuingeachd agus o shimplidheachd an t-soisgeil a shearmonaich Crìosd. Agus cha droch comharradh e idir air ministearan òga an latha so nach e so a' chainnt a tha iad a' bruidhinn ach cainnt as

irisle, agus is fhasa a tuigsinn, agus is dlùithe do intinn Chrìosd. Coma leam ministearan a bhios a' deanamh deasboireachd thioram anns a' chùbaid air rùintean dìomhair Dhe, air taghadh is àireamh nan daoine taghta; tha iad uile taghta a ghabhas ris an t-soisgeul, agus an fheadhainn nach gabh chan e nach robh iad air an taghadh is coireach ach an toil rag féin. Sin a mhàin a bhuineas dhuinne; nithean dìomhair buinidh iad do Dhia.

Dòrlach Sil

SIN an t-ainm a thug an t-Ollamh Dòmhnall Mac Gilleatbain do'n leabhar shearmon so a dheasaich e air son a' chlà, leabhar beag cuimir anns a bheil deich searmon le caochladh mhinistearan de'n eaglais Shaoir.

M'an abair mi an còrr uime faodaidh mi a ràdh gu bheil an clò soilleir do'n t-sùil, agus an litreachadh air a dheanamh gu riaghailteach agus gu cùramach, air chor agus gu bheil an leabhar gasda o'n taobh a muigh is furasd a leughadh. Chan 'eil obair air an t-saoghal is duiliche a dheanamh na leabhar Gàidhlig a dheasachadh air son a' chlà, ach ged chitheadh mo shùil-sa barrachd mbealachdan anns an leabhar so na chunnaic i, cha b' fhiach leam an ainmeachadh air an duilleig so, oir cuiridh teagasg maith ann an searmon foluch air mearachdan beaga anns a' chlà.

Tha teagasg maith anns na searmoin so; tha iad an dà chuid, sgrìobtuireil agus soisgeulach. Chan 'eil fhios agam ciod an bonn air an robh na ministearan a sgrìobh iad air an taghadh, ach ma tha an còrr d' an obair agus d' an teagasg coltach ris na searmoin a tha anns an leabhar so, faodaidh an eaglais Shaor a ceann a thogail gu maith àrd anns na ceàrnaibh anns a bheil iad air an suidheachadh; an Càrlobhagh, an Ceannloch, agus an Cnoc Leòdhais; an Ùrrath; an Srathaidh; an Làirig; an Loch-Aillse; an Gleann Urchadain; an Lite; an Glaschu.

Chan 'eil so a' ciallachadh gu bheil àirde no dòimhne anns na searmoin so a ni luachmhor iad mar litreachas no mar theagasg. Dh' fhalbh an là anns an robh an seòrsa shearmon sin air an cur a mach, is theagamh nach call gu'n d' fhalbh, oir chan e a' chrìoch àraidh aig searmon a bhi snasmhor mar litreachas no bhi reusonachadh mu na nithean a bhuineas do na sgoilearan a tha teagasg ann an Tallachan na diadhachd; is e a' chrìoch àraidh aig searmon gairm is riaghailtean is fiosrachadh na beatha spioradail a chur mù choinneamh an luchd-éisdeachd; ionndrainn air Dia a dhùsgadh 'n an eridheachan, agus aran na beatha a bhriseadh dhaibh á Facal Dhe. Sin a thà na searmoin so a' deanamh; gheibhear annta an rud a tha a b-uile ministear dileas a' toirt d'a choimhthional

Sàbaid as déidh Sàbaid; earailean agus teagasg agus comhfhurtachd, is sin uile air a stéidh-eachadh air Facal an Tighearna.

Tha na ministearan a sgrìobh na searmoin so glic anna bhi leantuinn an t-seann fhasain, a' roinn an teagasg fo *chinn*. Sin fasan nach 'eil mòran de mhinistearan òga a' leantuinn an diugh, ach tha a bhuil; glé bhitheanta chan 'eil bàrr no bun aig an seachas, is chan aithne dhaibh féin no d'an luchd-éisdeachd cò as a dh' fhalbh iad no c'àite a bheil iad a' dol. Ann an searmon tha *cinn* a' cumail an t-searmonaiche air an t-slighe cheart, dìreach mar a chumas na puist a tha ri taobh an rathaid luchd-turuis air druim an rathaid an uair nach fhaicear an rathad le sneachd. An uair a chluinneas coimhthional ministear a' toirt a mach a' chinn-teagasg so, *A Thighearna, teasairg sinn; tha sinn caillte*, agus a chluinneas iad e ag ràdh gu'm beachdaich e air na briathran fo thri cinn mar so, tha fhios aca ciod a tha 'n a bheachd, is tha rud-eigin aca air an faigh iad greim:

- (1) *An teanntachd a' dùsgadh na h-ùrnugh.*
- (2) *An ùrnugh air a' freagairt le mìorbhuil.*
- (3) *A' mhìorbhuil a' daingeachadh creidimh.*

Chan 'eil gin idir de na searmoin so nach 'eil air an roinn agus air an cur fo chinn; ann an cuid dhiubh tha cinn bheaga fo na cinn mhóra. Ann an searmon leis an Ùrramach, Eachann Mac Amhlaidh, an Srathaidh, air a' cheann-theagasg, *Uime sin is teachdairean sinn air son Chrìosd, mar gu'n cuireadh Dia impidh leinne; tha sinne a' gùidhe oirbh, as uchd Chrìosd, bithibh réidh ri Dia*, tha na cinn so air an toirt a mach.

- I. *Dùrachd an t-soisgeil a dheanamh réite.*
- II. *Cumhachd Chrìosd gu teàrnadh.*
- III. *Bonn na réite ri Dia.*
- IV. *Franais na réite.*
- V. *Toraidhean na réite.*
 - (a) *Glanadh peacaidh.*
 - (b) *Fìreanachadh a' pheacaidh.*
 - (c) *Sith ri Dia.*

Nach saoil mi gu bheil mi a' cluinntinn guth an fhìr nach maireann, Eachann Mac Fhionghuin,

a' roinn a' chinn-theagaisg so mar bhiodh e a' roinn a shearmoin ann an eaglais Chirc-a-bol an làithean m' òige! Theagamh nach fhaic sùil Eachainn Mhìc Amhlaidh so gu bràth, ach ged chitheadh, cha ruigeadh e a leas ach a bhi mòr as fhéin air son gu'm bruidhninn-sa uime anns an aon anail leis am bruidhinn mi air Eachann Mac Fhionghuin.

Mar tha an t-Ollamh Dòmhnall Mac Ghilleathain, a dheasaich an leabhar so, ag ràdh: chan fhaighear ach glé bheag de shearmoin ann an litreachas nan Gàidheal. Theagamh gu robh iomadh aobhar air a sin, ach b' e an t-aobhar a bu mhotha nach robh àireamh mhór de mhinistearan anns a' Ghàidhealtachd a b' urrainn Gàidhlig a sgrìobhadh, no àireamh mhór de dhaoine a b' urrainn a leughadh. Is rud neònach e, ach rud fìor, gu bheil sgoilearachd na cainnte a' cinntinn an diugh agus a' chaimnt féin a' seargadh. Anns an leabhar a chuir Iain Reid a

mach, *Bibliotheca Scoto-Celtica*, tha e ag ràdh air a cheann gur e an t-aobhar nach robh ministearan Gàidhealach a' cur shearmon an clò nach b' aithne dhaibh na faclair a litreachadh gu ceart; nach robh iad a' speilgeadh na Gàidhlig a réir riaghailtean gràmair ach *ad libitum*, no mar a thòilicheadh iad féin.

A thuilleadh air gur h-airidh an leabhar so air ar beannachd air sgàth an deagh theagaisg a tha ann, tha sinn a' deanamh a bheatha air an duilleig so a chionn gu bheil e a' lìonadh àite a tha glé fhalamh ann an litreachas ar dùthcha, agus gu sònraichte a chionn gu'n tàinig e mach o'n eaglais Shaoir, eaglais aig a bheil a' chuid mhór de mhuinntir na Gàidhlig anns an taobh tuath agus anns na h-eileanan a tuath fhathast air a cùram. Bho na tha sin mar sin, is maith an gnothuch gu bheil ministearan aice as urrainn teagasg a dheanamh gu cothromach ann an Gàidhlig.

Beatha agus Obair

Oileanaich òga na h-eaglais

O CHIONN bliadhna no dhà tha barrachd ghillean òga a' tighinn air an aghaidh gu dreuchd na ministrealachd. Theagamh gu bheil aobhar no dhà air sin, ach tha aon aobhar air co dhiu, gu bheil e furasda an diugh dreuchd na ministrealachd a thoirt a mach. Tha an Comunn a tha sealltainn thairis air cùisean na h-eaglais anns a' Ghàidhealtachd a' cur seachad suim mhór airgid, sé ceud a h-uile bliadhna, gu bhì cuideachadh nan daoine òga a tha 'g an ullachadh féin an sgoilean agus an collaistean. A thuilleadh air sin tha mu thuaiream sé ceud eile ann an lànna a' Chomuinn gach bliadhna, air chor agus gu bheil oileanaich an diugh air an deagh chàradh. Is e fìor dhuine annamh a tha toirt a mach fhoghlaim an diugh air a chosdus féin no air cosdus athar. Gun ghuth air na bursaraidhean a dh' fhaodas balaich a chosnadh le an eanchainn agus le an dicheall féin, thatar a' toirt cuideachaidh dhaibh o'n eaglais gun cheasnachadh idir, ma tha feum aca air. Chan 'eil iarraidh air bith aig an eaglais air daoine leasga a bhi 'g an tairgsinn féin air son a h-obair, no daoine bog leis nach toil cruadal fhulang an làithean an òige, no daoine maol d'am biodh e na b' fheàrr a bhi ris a' chìobaireachd no ri iasgach ghiomach. Ach ma gheibhear an seòrsa ceart, balaich thapaidh aig a bheil dùrachd is eud 'n an cridhe, agus gu sònraichte balaich a bha air an togail le pàrantan diadhaidh, gheibh iad sin cuideachadh.

Tha bursaraidhean o'n eaglais aig balaich anns na sgoilean so: Ionar-nis; Cinn a' Ghiuthsaich; Port-rìgh; Steòrnabhagh; an Tair-beart.

Eadar Oil-thigh Ghlaschu agus Tallachan na Diadhachd tha ceithir air fhichead a dh'oileanaich na h-eaglais an Glaschu; dithis an Dùn-éideann; trì an Cill-rimhinn; is ceithir an Obar-Dheathain.

Alasdair Mac an t-Sagairt, Gleann-Eilg

Chunnaic mi anns na paipearan-naigheachd gu'n do leig an t-Urramach Alasdair Mac an t-Sagairt, M.A., uallach a dhreuchd dheth o chionn ghoirid, agus gu bheil e a' fàgail na sgìreachd anns an do shaothraich e o chionn còrr agus dà fhichead bliadhna. Chan 'eil de fhios agam-sa mu obair Mgr Alasdair ann an Gleann-Eilg ach gu'm bithinn a' cluinntinn, mar bha daoine eile a' cluinntinn, nach bu mhór de mhinistearan anns a' Ghàidhealtachd a bha cho saothrachail agus cho dìleas ris na sgìreachd féin. Na bha de eòlas agam air fhuid mi e aig coimneamhan an Dùn-éideann, agus theòidh mo chridhe ris o'n cheud uair a chuala mi e a' bruidhinn aig a' chomunn a tha sealltainn thairis air cùisean na h-eaglais anns a' Ghàidhealtach. A Shàmhradh 's a Gheamhradh bhiodh e a làthair aig coimneamhan a' Chomuinn sin gus o chionn trì bliadhna, ach ged bhiodh e a' bruidhinn gu tric, agus ag iarraidh airgid air son obair na h-eaglais anns a' Ghàidhealtachd, cha chuala mi e riamh a' bruidhinn air a shon féin, no ag iarraidh airgid air son dad a bhùineadh d'a obair no d'a eaglais féin; bhiodh e daonnan a' bruidhinn as leth dhaoine eile, agus a' tagar air son choimhearsnach is bhàithrean. Mar bha cubhaidh do dhuine a bha 'n a Chléireach aig Cléir Loch Carrann agus aig Seanadh Ghleann-Eilg bha

inntinn shoilleir òrdail aige, is bha e suas ri gnothuichean. Bha e glic grunn-dail an comhairle, ach na b' fheàrr na sin uile, bha e 'na dhuine sìtheil agus 'na dhuine caomhail, an seòrsa duine ris am bu mhaith le ministearan eile tachairt an uair a rachadh iad do Dhùn-éideann, ged nach deanadh iad ach breith air làmh air.

Beothachadh na h-eaglais

Bha a' cheud oidhirp, an déidh coinneamhan Ghlaschu, air a dheanamh an Cambuslang, agus an ath oidhirp an Ionar-nis an deireadh Novem-ber. Tha móran dhaoine an dùil gu bheil an eaglais a' feuchainn ri *dùsgadh* a dheanamh as a ceann féin agus le a cumhachd féin gun an Spiorad Naomh idir. Chan 'eil sin ceart; tha fhios aig an eaglais gu maith nach ann le a cumhachd-se no le a gliocas-se, no idir idir le straihlich, a thig dùsgadh no amanna beothachaidh ach o làthaireachd an Tighearna agus o spiorad an Tighearna. Ach tha e ceart do'n eaglais feitheamh air Dia ann an ùrnuigh; eadar-ghuidhe a dheanamh le aon dùrachd agus le aon chridhe air son teachd a rioghachd. Agus glé bhithianta is ann tre an eadar-ghuidhe sin a tha Dia a' nochdadh d'a shluagh ciod an t-seirbhis a tha e 'g an gairm thuice.

Cha robh dad an Ionar-nis coltach ris an dùsgadh a bha ann, an uair a bha am baile uile air a ghluasad fo shearmonachadh D. L. Moody, ach mur robh, bha gairm Dhe air a chur air cridheachan agus coguisean dhaoine gu sàmhach agus gu sòluimte, is theagamh gu'n do choisrig móran iad féin as ùr do sheirbhis a rioghachd nach d'innis gu robh iad 'g a dheanamh. Bha móran eile a' cuideachadh Dhòmhull Friseil an Ionar-nis ach b' esan cìoch na cuibhle, is theagamh gur e na h-ùrnuighean aige cuimhneachan cho milis 's a thug feadhainn de na chaidh a dh' Ionar-nis air falbh as. Bha coinneamh-ùrnuigh air a gleidheadh a h-uile meadhon-là, is bha e 'n a chomharradh maith gu robh barrachd dhaoine a' dol innte an dèidh d'heireadh na bha dol innte an toiseach.

Cill Fhinn, Cill Mhàillidh, Cill Choimnich

Sin trì sgìreachdan a tha falamh an dràs; trì sgìreachdan air nach freagair ach na ministearan as fheàrr as urrainnear a chur annta.

Aig an Uinneig

Eadailteach a Cinn-t-sàile

Uair a chaidh duin-usal as an dùthaich so air thurus do'n Ròimh bha e air a thoirt an làthair an diadhair ainmeil, Mezzofanti, prìomh-eas-buig an eaglais na Ròimhe. Bha e air a ràdh gu robh eòlas aig Mezzofanti air ochd deug is dà fhichead cànan, agus gu'n leughadh agus

Co dhiu is e Cill Fhinn, Loch Tatha, a tha air ainmeachadh anns an rann so no nach e,

*Cill Fhinn 's Cill Duinn 's Cill Donnain
Na trì cilltean as sine an Albainn*

tha Cill Fhinn am measg 'n an sgìreachdan Gàidhealach aig a bheil ainm is inbhe urramach. Bidh eaglais Chill Fhinn a nis na's urramaiche na bha i riamh (agus fada fada na's taitniche) a chionn gu'n deachaidh an dà choimhthional còmhla. Na'm faca mo sheana charaid, an t-Ollamh Seòras Mac Aoidh nach maireann, an là beannaichte so, bhithheadh e mar bha Pol uair-eigin, air a ghlacadh suas gu ruig an treas nèamh, is theireadh e le uile chridhe, Nis, a Thighearna, leig le do sheirbhiseach siubhal ann an sìth, oir chunnaic mo shùilean do shlàinte. Ged nach biodh ann ach gur e ministear Chill Fhinn, Seumas Stiùbhard agus a mhac, an dithis as mò a dh' fhàg làrach an làmh air a' Bhiobull Ghàidhlig, agus gu bheil Gàidhlig air a labhairt an Cill Fhinn fhathast, bhiodh e 'na ghnothuch nàrach mur bi ministear Gàidhealach air a shuidheachadh ann. Tha an sgìreachd farsuing agus an obair trom; cha fhreagair ann ach duine luath laidir; duine glic tùrail a bhios 'na shearmonaiche maith agus 'na aodhair maith.

Ma tha Cill Fhinn mór tha Cill Mhàillidh na's motha, agus an sin cuideachd tha mi an diùil gu bheil an dà choimhthional air dol còmhla. Sin toileachas as mò as urrainn ministear fhaicinn, aonachd anns an sgìreachd anns a bheil e ag oibreachadh. Bha àileadh na sgoilearachd an Cill Mhàillidh cho mhaith 's a bha e ann an Cill Fhinn anns na seann làithean, oir b'e so an sgìreachd anns an robh an t-Ollamh Gilleasbuig Mac A'Chlèirich nach maireann. Rinn Mac A'Chlèirich cuid mhaith de obair Ghàidhlig; bha làmh aige ann an ceartachadh a' Bhiobull; chuir e mach dà leabhar mhór thiugh mu bhàrdachd Oisein, agus b'e a' cheud fhear-deasachaidh air earrann na Gàidhlig ann am Miosachan na h-eaglais.

Tha na trì sgìreachdan so a' feuchainn ri ministearan a fhreagras orra a lòrgachadh, ach chan 'eil e furasda dhaibh sin fhaotainn, oir tha ministearan maith eadar deich bliadhna fichead agus còig is dà fhichead car gann. An fheadh-ainm mhaith nach 'eil ro shean tha iad ro òg.

gu'n sgrìobhadh e Gàidhlig. An uair a dh' innis an duin-usal dha gu robh gille-coise aige a bhruidhneadh Gàidhlig thubhairt e gu'm bu mhaith leis fhaicinn agus bruidhinn ris, a chionn nach d' fhuair e riamh cothrom air Gàidhlig a bhruidhinn ged a rachadh aige air a leughadh 's a sgrìobhadh. An ath latha thug an duin-

uasal an gille Gàidhealach gu Mezzofanti, is bha seachas aca an Gàidhlig fad leth-uair. An déidh dhaibh an seòmar fhagail dh' fhoighnich am maighstir d'a sheirbhiseach an do thuig iad a chèile. "Thuig gu maith," ars' an gille, "tha deagh Ghàidhlig aig an duine ud: theirinn gur ann à Cinn-t-sàile tha e."

A' phìob thombaca

Theagamh gu'n d' fhuair ministearan eile an leabhran beag a thàinig thugam-sa leis a' phosta an dé, leabhar a tha ag ràdh gu'n tigeadh rioghachd Dhe 'n a leumannaibh an Albainn na'n stadadh ministearan de smogadh.

An uair a leugh mise an leabhran so is e a' cheud smuain a thàinig thugam gu robh e air a chur a dh' ionnsuidh an duine cheàrr; gur ann gu Iain Mac Ille Bhàin agus gu Dòmhnall Friseal a bu choir e bhì air a chur, oir stad mise de 'n phìob an àm a' chogaidh ach bidh na diadhairean sin a' losgadh tùis do'n bhan-dia Nic-Tiona fhathast.

Cha robh mi riamh cinnteach gus an dé cò dhiu a b' fhiach dhomh stad de'n phìob no nach b' fhiach; ach b' fhiach do dhuine rud a bu duiliche na sin a dheanamh air son na sith bheannaichte a thàinig 'n am chridhe an uair a bha mi a' leughadh an leabhair so, agus a' cuimhneachadh air an an-shocair agus an nàire a dhùisgeadh briathran teinteach an duine ann an coguisean mo bhràithrean, agus gu sònraichte ann an coguisean bhràithrean an Cléir Dhùn-chailleann. Bha mi ag ràdh gu beag rium féin, Sibh-se, a bhràithrean, cuimhnichibh gu'n d' fhuair sibh bhuir sòlasan fad iomadh latha, ach a nis, ma tha coguisean idir agaibh, bithidh sibh ann an dòruinn.

Ach ged tha mi a' sgrìobhadh so eadar fhealadhà 's a rìreadh bu mhaith leam a ràdh cuid-eachd gur fhada o nach fhaca mi argumaid air a deanamh an aghaidh mhinistearan a bhismogadh cho ciallach agus cho drùidhteach ri argumaid an duine so. Chuir e an dara taobh de'n chùis cho cothromach 's nach bu mhaith leam gu h-onarach a fhreagairt. Tha fhios agam nach rachadh agam air, agus gu'm faigheadh an duine gu mo choguis a dh' aindeòin mo reusin.

Ach ma tha duine air bith eile as urrainn argumaid an leabhraìn so a fhreagairt, ma chuireas e thugam-sa argumaid air an taobh eile de'n chùis, bidh mi toilichte àite a thoirt dhith air an duilleig so. Cò dhiubh a bhios an argumaid maith no dona bheir mi àite dhith, ach ma théid aig duine air bith air an leabhran so a fhreagairt ann an dòigh a riarraicheas m' intinn agus mo choguis féin bheir mi dha crùn agus orainsear.

Gàidhlig anns na Foclair

Bheir mi crùn agus dà orainsear do'n duine a chuireas thugam am pasgan as fheàrr de fhacail Ghàidhlig air son nam facal Beurla so; re-

ligion; science; evolution; biology; physics; Nature; chemistry; politics; geography; allegory; committee; artificial; operation; vote; gambling; rates; multiplication table; sex; pudding; ritual; pencil.

A h-uile latha d'ar beatha tha ar n-intinnean ag oibreachadh an measg nan nithean a tha na facail sin a' toirt fa' comhair, ach chan 'eil e furasda dhuinn seachas a dheanamh umpa an Gàidhlig a chionn nach 'eil cainnt againn air a shon. Sin aobhar as motha gu bheil a' Bheurla a' tolladh a steach oirnn. Tha a' Bheurla coltach ris na daoine gleusda a tha 'g a' bruidhinn, na Sasannaich; tha i daonna a' gabhail a steach raointean ùra d'a h-ìompaireachd, a sior fhàs gus mu dheireadh an sealbhaich i an talamh.

An uair a bhios mise a' sgrìobhadh Gàidhlig cha bhì mi uair air bith a' sealtainn ann am Foclair, a chionn gu bheil fhios agam nach fhaighinn dad ann a b' fhiach dhomh fhaotainn, ach bhiodh Foclair maith feumaid do dhaoine òga a tha ag ionnsachadh Gàidhlig, na'n robh a leithid sin de leabhar ann, Fodair anns am biodh facail Bheurla air an tionndadh gu Gàidhlig. Ach cuiridh am Foclair air uairean daoine air seachran. An uair a b' fheudar do mhinistear Dhruim-nan-drìs a dhreuchd a leigeil dheth, agus Sir Uilleam MacEòghain nach maireann air innseadh dha gu robh *tumour* a' fàs air an eanchainn aige, b' ann air bumailear aig nach robh ach droch Ghàidhlig a chuir a' Chléir an dleasdanas an eaglais a ghlaodhach falamh, agus an t-aobhar innseadh do'n choimhthional. Sheall e ann am Foclair a dh' fheuchainn ciod am facal Gàidhlig a gheibheadh e air son *tumour*, agus aig deireadh na seirbhìs dh' innis e do mhuinntir Dhruim-nan-drìs, gu robh *mórchuis ann an ceann a' mhinistear*.

Coileach do Asclepius

Bho na tha mi a' bruidhinn air Gàidhlig cò dhiù, faodaidh mi innseadh ciod a thachair an là a bha an t-Urramach Niall Mac Phàrlainn, B.D., a' bruidhinn air bàs Shocrateis. A mach o'n chuid sin de na soisgeulan a tha ag innseadh mu bhàs Chrìosd chan 'eil dad eile ann an litreachas an t-saoghail as mò a thaisieas cridhe duine na'n naigheachd a dh'innis Plato mu bhàs Shocrateis. B'e am facal mu dheireadh a labhair e, agus a chasan air fàs fuar is am puinnsean a thug iad dha air dol gu chridhe, *A. Chrito; tha mi fo fhiachaibh do Asclepius ann an coileach; an cuimhnich thu am fiach a phàigheadh.* (B'e Asclepius dia na dotaireachd no an eòlais-leighis).

Tha searmon Beurla aig ministear Chille-sgumain anns an d'innis e an naigheachd so, agus anns a' Bheurla bha a h-uile ceum de'n naigheachd air innseadh chò òrdail agus cho sòluimte 's gu robh i furasd a' tuigsinn, Crìto 's an coileach 's gu léir.



Tha cuid de luchd-leughaidh nan duilleagan so aig nach 'eil fhios cò tha 'g an deasachadh, oir bithidh iad a' cur lùtrichean umpa gu Mhgr Mac an Léigh, 121 Sràid Sheòrais, an Duncèann, feardeasachaidh an leabhair Bheurla. Tha na duilleagan Gàidhlig air chùram Dhòmhauill Mhic Laomhainn, am Blàr Adholl, am Peairt.

An Uine Dol Seachad

Tha fios aig na beòthaibh gu'm faigh iad bàs.—ECCLES. ix. 5

THA fios aig na beòthaibh gu maith gu'm faigh iad bàs, ach ma tha, chan 'eil iad a' gabhail suim. Tha fhios aca nach 'eil aith-reachas anns an uaigh, ach ma tha, cuiridh iad an uaigh bhuapa bliadhna eile fhathast. A h-uile oidheche a luidheas sinn sìos air ar leabaidh tha sinn ceum na's dlùithe do'n t-siorruidheachd na bha sinn an dé.

Tha tim mar shruthan sìubhlach, cas,
Toirt leis gu bras gach neach
Do thir na diehuimhn', is théid iad as,
Mar théid an aising seach.

Ach ged tha an t-siorruidheachd daonnan a' bagairt orra, tha daoine a' dol air an aghaidh mar gu'm biodh aca an so baile a mhaireas, làn de ro-chùram mu na nithean a dh'itheas agus a dh'òlas iad, agus gun chùram idir mu chor an anama. "*Tha ùine gu leòir againn,*"—chuir an smuain sin barrachd dhaoine do ifreann na lethsgéal air bith eile.

Aig toiseach na bliadhna tha e ionchuidh do dhaoine stad air an ceum, agus fheadraich dhiubh féin ciod am feum a rinn iad de na cothroman a thug Dia dhaibh an uiridh, no ciod an dòchas a bhiodh aca na'n tigeadh a' ghairm orra gu h-aithghearr a thàinig air an duine shaoibhir, "*An nochd iarrar t-anam ort.*" An uiridh, aig toiseach na bliadhna, gheall thu dhuit féin, a leughadair, gu'n cuireadh tu an gnothuch an dara taobh, agus gu'n abradh tu mar thubhairt Iosua, "*Air mo shon-sa ni mi seirbhis do'n Tighearna.*" Gheall thu dhuit féin gu'm fosgladh tu dorus do chridhe do Chrìosd a tha bualadh aig do dhorus cho fada. An do rinn thu sin? Mur do rinn, guidheam ort as uehd Chrìosd t' inntinn a dheanamh suas gun dàil, agus na smuaintean sin, gu bheil ùine gu leòir agad, no gu'm bi àm eile na's freagarrache, a thùlgeadh a mach as do chridhe. An uair a tha duine tinn chan fhan e gum cur air son an dotair gus am bi e freagarrach. Nach gòrach dhuit mata a bhi na's neo-chùramaiche mu t'anam na bhiodh tu mu d' chorp! Chan fhada gus am bi an corp 'n a dhuaslach co dhui, ach bidh t' anam beò gu bràth. "*Ciod an tairbhe a bhiodh ann do dhuine an saoghal uile a chosnadh agus 'anam a chall?*"

A thaobh ar beatha, is e an t-aon ni as urrainn

sinn a ràdh le cinnt, gu'n tig a' chrìoch gun bhi fada. Ged bheireadh Dia 'n a fhreasdal sìneadh làithean dhuinn, tha fhios againn gu'm faigh sinn bàs. *Agus an dèidh a' bhàis tha am breitheanas.* Sin smuain a tha mòran dhaoine a' tilgeadh bhuapa gu buileach an diugh. Ach creid thusa mise, a charaid, nach 'eil ann an sin ach aising caillich mar a d'arachd. Coma leat-sa ciod a their mì-chreidich is luchd-fanoid is daoine neo-dhiadhaidh d'am biodh e 'na naigheachd mhaith nach 'eil breitheanas ann; gabh thusa ri solus an taisbeanaidh a thug Dia dhuinn anns a' Bhiobull, agus ri fianuis dhaoine diadhaidh a bha air an teagasg leis an Spiorad Naomh. "*Is eigin duinn uile.*" arsa Pol, "*bhi air ar nochdadh an làthair caithir-breitheanais Chrìosd, chum gu'm faigh gach neach na nithe a rinn e 's a' choluinn, a réir an ni a rinn e, ma's maith no ole e.*"

Is e eagal an Tighearna tùs a' ghliocas; tha an diadhaidheachd tarbhach chum nan uile nithe, agus tha gealladh na beatha ata làthair agus gealladh na beatha ata ri teachd aig a' mhuintir air an bheil eagal Dhé. Co dhui a tha am bàs dlùth dhuinn no nach 'eil is e ar dleasdanas agus ar gliocas dèichill a dheanamh chum feum maith a dheanadh de na làithean a tha Dia a' toirt dhuinn, oir chan 'eil aith-reachas anns an uaigh.

*'S an uaigh d' am bheil sinn uile triall,
Maith-neas chan fhaigh 's cha d' fhuaradh riamh,
Gun chaochladh bithidh cor gach neach
Gu àm a bhinne teachd a mach.*

"Mosgail, thusa a tha a'd' chadal, agus éirich o na marbhaibh, agus bheir Chrìosd solus duit." Tha mòran dhaoine nach robh riamh air an dùsgadh; tha feum aca-san air an t-solus agus air a' ghliocas ata o shuas. Tha mòran dhaoine a bha aon uair 'n an dùsgadh, ach thuit an cadal orra a ris, agus tha iad marbh gu spioradail. Tha feum aca-san air crathadh a chuireas 'n am faireachadh iad. O! gu'n chinneadh na mairbh sin guth Iosa, agus gu'n tòiseachadh iad air rioghachd Dhé iarraidh m'am bi e ro annoch.

B' àbhaist do aon de na seann diadhairean a bhi ag ùrnuigh mar so, "*A Thighearna caomhain iadsan nach 'eil deas agus thoir leat a'*

mhuinntir a tha abuich." Tha Satan a' cur cagair ann an cluasan dhaoine an diugh agus ag ràdh riu nach ruig iad a leas a bhì fo iomguin nach 'eil iad deas air son a' bhàis ; gur h-ionnan do 'n fhìrean agus do 'n aingidh an uair a dh' fhàgas anail na beatha iad, agus nach 'eil ann an nèamh no ann an ifreann ach seann sgeulachd fhaoin. Ach cuimhnich thusa, a leughadair, nach 'eil an sin ach aon de chuilbheartan Shatain, deoch mhilis a tha e a' tairsginn dhuit los do chur a chadal agus do choguis a mhùchadh. Gabh thusa ri cuireadh an t-soisgeil am feadh 's a tha an cothrom agad, agus coisrig thu 'fèin do Chrìosd gun an tuilleadh dàlach. Tha Dia toileach do theàrnadh ; mur bitheadh cha do chuir e a Mhac do'n t-saoghal a bhàsachadh air do shon. Tha crann-ceusaidh Chrìosd a'

sèarmonachadh gràdh is tròcair Dhe, ach tha e mar an ceudna a' teagasg duinn gur e tuar-sadal a' pheacaidh am bàs. Tha e a' teagasg gu bheil am peacadh toilteanach air corruich is mallachd Dhe, agus toilteanach air sgrìos siorruidh o làthaireachd an Tighearna. Sin teagasg a' Bhiobuill mu'n pheacadh, air chor agus nach 'eil ann an cagar Shatain ach breugan is meal-ladh. O! gu'n dùisgeadh Dia a h-uile duine a tha amaideach is neo-chùramach mu chor anama agus a chunnart fhaicinn, agus uamhann bàis is breitheanais an taobh a mach de Chrìosd. Is *beannaichte* na maìrbh a gheibh bàs anns an Tighearna, ach is daoine gun dòchas na daoine a tha dol a steach do'n t-siorruidheachd gun aithreachas a dheanamh agus gun iad ann an sith ri Dia.

Cuairt do'n t-seann Sgìr

[*Bha an seachas so air a chur thugainn leis an Urramach Niall Ros, B.D., ministear Chill-a-Rubha an Ìre ; bithidh ar tuchd-leughaidh toilichte guth ùr a chluinntinn.*]

NUAIR a thig an samhradh bithidh am ministir, coltach ri luchd-obrach eile, ag amharc air aghaidh ri mìos a chur seachad, ma ghabhas e deanamh, air falbh o 'n tigh agus o na cùraman ris a bheil e ceangailte troimh a' chuid eile de'n bhliadhna. 'S ann a' càradh nan lion a fhuair am Fear-saoraidh feadhainn de na deisciobuil an toiseach, cha b' ann a chionn gu'm bu shecotairean iad ach a chum greim na bu chinntiche a dheanamh air an iasg, agus chan 'eil e doirbh a thuigsinn gu bheil an fear-obrach a chaitheas beagan ùine 'na thànch coltach ris an iasgair a fhuair a lin air a càradh agus a tha ullamh gu dol air muir leatha as ùr.

Cha robh e 'na cheim orm-sa riamh cò an taobh a bheirinn orm a chur seachad na h-ùine dhìomhanaich. 'S iomadh uair a thubhairt mi rium fhéin ann am briathran a' bhàird :

Nà'n dubhadh an sliabh 's gu'n cromadh a' ghrian

Leam bu mhithich bhì triall air chuairt.

Cha b' e machair nan Gall a bheirinn o' m cheann
Ach bràighe nan gleann ud shuas.

Air an fhoghar-sa chaidh seachad thog mi orm mu thuath mar a b' àbhaist, agus rinn mi suas m' iuntinn sgrìob a thoirt do'n t-seann sgìr agus an t-seann eaglais fhaicinn a rithis, ris an robh mi air mo phòsadh nuair a thàinig mi mach as a' Chalaisde o chionn dà bhliadhna dheug air fhichead.

Tha e 'na chleachdadh aig daoine a bhì moladh nan làithean a dh' fhalbh agus a dìomoladh nan làithean anns a bheil iad fein beò. Bha an aimsir na bu bhlàithe ; bha a' mhil air brògan dhaoine nuair a bhiodh iad a' coiseachd troimh an fheur ; bha an sluagh na

b' fhallaine 's na bu choibneile ; cha robh gainne anns an dùthaich ; bha gach duine cho sona ris an rìgh. Nis chan 'eil mise creidsinn focal dhe so. Chan 'eil ann ach adhaircean mòra a' chruidh a tha fad as. Agus tha mi air son an t-oisean beag so de'n dùthaich a ghabhail mar cheann-teagaisg agus nàdur searmoin a dheanamh air an adhartas a tha ri fhaicinn ann, agus a dh' fhaodas neach sam bith fhaicinn anns an oisean aige fhéin. Chaidh mi troimh a' chuid mhór de 'n t-seann sgìr ann an ùine ghoirid, ach bha e soilleir dhomh gu bheil ar latha-ne fad air thoiseach air an linn a bhios mòran a' moladh, chan ann a chionn gu bheil cuimhne aca oirre no fios ach do bhrìgh gu bheil i fad air falbh.

Ann an seana chladh na sgìre tha tota a bha uair-eigin 'na h-eaglais. Tha am balla-cinn suas fhathast fo shiantan còrr is trì cheud bliadhna. Chan 'eil e àrd no maiseach ri fhaicinn, ach na 'm b' urrainn e labhairt rachadh aige air aon sgeul eagalach innseadh nach gabhath àite 'nar dùthaich an diugh idir. Air là Sàbaid àraidh bha co-thional cruinn anns an eaglais ag aoradh, agus smaointich na naimhdean air taobh thall a' chaolais nach robh cothrom a b' fheàrr air am mort na nuair a bhiodh iad as aonais nan arm anns an tigh-aoraidh. Thàinig iad air tìr as na birlinnean astar goirid o'n eaglais, chuir iad teine ris an tugh a agus am beagan ùine cha robh duine de'n cho-thional nach robh marbh. Anns an ùpraid theich aon bhean troimh uinneig chaoil a tha fhathast ri faicinn anns a' bhalla agus mu'n do thràigh i le call fala air an rathad dh' innis i do neach éigin mar a bha. Chuir am fear so a' chrois-tara mu 'n cuairt ; tharruing

deatach na h-eaglais aire móran de'n t-sluagh, agus mu'n deachaidh am feasgar seachad bha ceudan de na Leòdaich air druim nan Uidhist-each a bha air an cumail ri port leis a' ghlog-ainn. Fhuair sgioba aon bhirlinn as ach mu oidhche cha robh duine beò de chàch. Bha an dorchadas a' tighinn 's cha robh ùine air uaigh-ean a chladhach, agus 's e an dòigh adhlacaidh a ghabhtar gàradh-chlach a bha dlùth a bhrùch-dadh air muin nan corp. Nuair a chluinneas tu ionradh air Blàr-milleadh-Garaidh cuiridh e 'na do chuimhne deireadh nan daoine fuilteach a chuir eaglais Thrumpain 'na teine.

Annas a' chladh bheag so ri taobh na h-eaglais tha clach-chinn air a bheil na briathran so sgrìobhta ann am Beurla "Sacred to the memory of Lady Grange." Tha sgeul na mnà-uasail so cho annasach 's gur gann a ghabhas e creidsinn gu'n tachradh ni coltach ris ann an dùthaich Chrìosdaidh sam bith.

Bha an duine aice 'na bhreitheamh an Dun-éideann, aon dhe na morairean-dearga mar a theirear riu. Bha e cuideachd 'na eildeir anns an eaglais agus 'na fhear-aideachaidh diadhaidheachd ann an tomhas sònruichte. Ach a dh' aindeòin sin uile nuair a gheibheadh e measg a chompanach ann an Lunnainn cha robh guth air an aideachadh no idir air an diadhaidheachd. A thuilleadh air sin bha e deanamh a dhìchill os ìosal agus an rìoghachd a bhrath; rìgh Seòras a chur dheth na chrùn agus na Stiùbhartaich a thoirt air an ais 'na àite. Bha e fhéin 's a bhean, boirionnach borb, rasgach, a mach air a chéile gu mór, agus bha e cur clisgidh air a' mhorair gu'n d' fhuair i fios air a dhòl-a-mach a thaobh an rìgh. Mhaoidh i air uair is uair gu'm brathadh i e, agus chuir e roimhe gu'n glasadh e i far nach cuireadh i dragh no eagal tuilleadh air.

Aig àm sònruichte chuir e fios gu na càirdean gu'n do chaochail a bhean, agus cuireadh a dh' ionnsuidh a tiodhlacaidh. Chaidh an tòrradh seachad gun tuiteamas sam bith, 's gun fhios aig neach a bha làthair nach robh anns a' chiste-laidhe ach ùir is plocan.

Goirid roimh là an tòrraidh rinn ceatharna as a' Ghàidhealtachd greim air a' bhann-mhorair, agus cha b' ann dha deòin a dh' fhalbh i leò. Anns an t-streup chuir iad a dhà de na fiacnan aise, agus aon uair 's gu'n d' fhuair iad air shiubhal i cha d' rinn iad mór stad gus an d' fhàg iad i o smachd Mhic-Leòid Dhun-bheagain 's an Eilean Sgitheanach. Bha i air a gleidheadh an dùthaich Mhic-Leòid an toiseach, ach air son an tuilleadh sàbhailteachd chaidh a cur do Uidhist an measg nan Dòmhnallach, agus as a sin do h-Iort far an robh i air a cumail fad sheachd bliadhna. A h-Iort thugadh air ais do'n Eilean i, far an d' fhuair i nu dheireadh fios a leigeadh gu a càirdean air Tìr-mór.

Dh' ionnsaich i snìomh agus dh' fhalaich i litir

ann an cridhe ceirsle-shnàtha a chaidh do Ionar-nis gu margadh. Chuir am fear a cheann-aich a' cheirsle fios gu a càirdean agus air ball bha soitheach-cogaidh air a cur mu thuth agus a' bhean-uasal a shaoradh agus na ciont-aich a pheanasachadh.

Cha d' rinn e math sam bith. Theich an luchd-gleidhidh leatha do Uidhist a rithis, agus tha e air aithris gu'n robh fear de'n sgioba agus tobha aige 'na làimh ris an robh clach an ceangal chum 's na'm faiceadh iad soitheach-cogaidh a' deanamh orra gu'n tilgeadh iad Lady Grange thar na cliathaich. Aon uair eile thàinig an truaghan air ais do'n Eilean agus i nis as a rian le allaban is bristeadh-cridhe. Thàinig a' chrìoch oirre ann an Dun-bheagain ach 's ann an Cladh Thrumpain anns an t-seann sgir a chaidh a cur fo 'n talamh.

Bha clisgeadh air luchd na h-eucorach gu'n éireadh gu h-òle dhaibh na'm faigheadh an lagh greim orra, agus rinn iad an dìchioll a chum nach toireadh an uaigh fhéin fianais 'nan aghaidh. Chaidh fios fad is farsuinn gu tòrradh na bean-uasail agus chaidh a càradh, ma b' fhiore, ann an clach an Duin, ach an dara uair chaidh a' chiste-laidhe a lìonadh le pluic is sgrathan, agus chuireadh a fìor-dhuslach ann an cladh Thrumpain far an do chuir aon de a luchd-dàimh o chionn beagan bhliadhnanach leac-lighe *cement* aig a ceann. "Cha mhór," arsa neach-eigin, "a bha air an tiodhlacadh cho tric ri Lady Grange, agus cha mhór idir aig an robh tuilleadh aobhair guidhe air son aon tiodhlacadh ceart."

Nuair a bha mi ag amharc air an uaigh thàinig comhairle an duine ghlic gu mo chuimh-mhne. "Na abair eòd a b' aobhar gu'n robh na ceud làithean na b' fheàrr na iad so." Tha caochladh nithean a b' fheàrr sinn uainn an diugh, ach an coimeas ionas na droch làithean ud thuit ar roinn ann an ionadan aoibhneach.

Aig dealachadh nan eaglaisean bho chéile an 1843 cha d' fhan ann an eaglais na seana sgìre ach aon duine, saighdear a bha ann am blàr Waterloo. Lean an sluagh uile comhairle Mhaighstir Ruairidh ach an saighdear a mhàin, agus thubhairt e caochladh uairean gu'm b' fheàrr leis aghaidh a chur as ùr air Imperial Guard Bhonapart na bhì air itheadh a h-uile latha dh' éireadh a thaobh le *Signearan* nach deachaidh riamh na b' fhaide na Sron-nan-aighean.

Bha ministir smachdail, Alasdair Mac Colla, air ceann Eaglais Shaor an àite, agus théid mise 'n urras nach robh cothrom mór aig an t-seann eaglais a ceann a thogail fhad 's a bha e fhéin is Maighstir Ruairidh faisg air làimh. Cha robh an dithis a' còrdadh idir; ged bha iad 'nam buill de 'n aon chléir cha do bhruidhinn iad ri chéile fad chòig bliadhna fichead. Ach bha iad 'n an daoine ainmeil agus 'n an searmon-naichean comasach aig an robh buaidh mhór

thairis air an t-sluagh. An ni a theireadh iad 's e bhiodh deanta, agus far am biodh iad a' teagasg 's ann a bhiodh am mór-shluagh cruinn.

'S fhada ghabh e bhuam-sa a ràdh nach robh buaidh mhath ann an tomhas aig na daoine foghainteach ud air giùlan an t-sluaigh aig an àm. Ach bha aon òl mór a lean an Dealachadh fad iomadh bliadhna, naimhdeas as gann a ghabhas creidsinn n'ar latha-ne ged nach do theich e gu buileach fhathast. Ag aoireadh a chéile; a' toirt far-ainmean air a chéile; a' maoidheadh air a chéile agus an drásd is a rithis a' bualadh dhòrn,—sin nithean nach robh duilich a chluinntinn no fhaicinn fad iomadh latha. 'S ann 's an t-seann sgìr a leugh mi an toiseach *Aoir na h-eaglais Stéidhichte*, agus 's ann innte chuala mi air tùs *Aoir na h-eaglaise Saoire*, agus o rann no dhà de'n dithis faodaidh tu thuigsinn ciod a bha anns na rannan eile. A réir barail a' cheud eisg so agad earranan de an droch creud a tha aig Eaglais Stéidhichte nam plaosg.

*Creideam an clachaibh 's an aol,
Creideam am ban-rìgh ar gaol,
Airgid a chumail am lánhan
Fench ciod a thàras mi 'n t'saogh 'l;
A' mealladh 's a' dalladh an t-sluaigh
Le 'n druiddheachd a' bòdhradh an cluas.
Gadwicheadh agus luchd-reubainn
Tha fhathast 's an Eiphit 'n an suain;
Ach nuair a thuiteas a bruachan,
'S a chuireas i suas a droch shamh;
Aithnichidh gach neach tha mu 'n cuairt di
Gu bheil i 'na h'uamhas air fad.*

Chuim a nis rann no dhà o bheul an eisg eile nach b' urrainn maise sam bith fhaicinn anns an Eaglais Shaoir :

*Sud an Eaglais Shaoir
Thug a gaol do'n òr,
'S na tha i nise saor
Bidh i daor gu leòr;
Ministearan sìubhlach
Bheir iad soisgeul ùr dhuinn,
'S an déidh gach sùgraidh,
Cuir cùineadh am dhòrn.
Eaglais Shaoir na h-Alba
Leis an d' aom gach cealgair
'S ann a tha i marbh
Is ainm aice bhi beò.*

Nise tha aon aobhar buidheachais an diugh do thaobh na cuise so. Chan 'eil duine òg eadar dà cheann na sgìre aig a bheil fhios air na duain ud no bhios 'g an seinn, no dh'iarradh gu'n biodh iad air an cumail air chuimhne, no chosdadh air bhonn-a-se ri an clò-blualadh. Chan 'eil daoine idir fhathast de'n aon bheachd anns an sgìr mu thimchioll creidimh agus eaglaisean, agus air uairean bidh aithris-bhialain is còmhstri a' dol, ach dh' fhalbh "droch bhriathran beòil" is bumailearachd,

agus chan 'eil duine tuigseach ann an eaglais sam bith a dh' iarradh an ath-bheòthachadh no an toirt air ais.

O chionn thrì bliadhna air ais bha ceithir eaglaisean anns an t-seann sgìr, trì air aon taobh an rathaoid mhóir, agus té leatha féin mu 'n coinneamh air an taobh eile. Na'n seasadh tu air meadhon an rathaoid chluinneadh tu seinn nan ceithir cho-thional gun dragh sam bith, agus le claisteachd mhath ceithir searmoin aig an aon àm, leis cho faisg 'sa bha na tighean-aoraidh air a chéile.

Ach as t-fhoghar so chaidh bha té dhiubh dùinte, agus an co-thional gun ghuth mór gun droch fhacal air taobh seach taobh air aonadh ri co-thional eaglais na sgìre mar thòradh air an Aonadh fharsuinn ghlic a ghabh àite anns an rioghachd o chionn dà bhliadhna.

Thachair gum b'e Sàbaid a' chomanachaidh air an deachaidh mi do'n t-seann eaglais, agus an uair a ràinig mi beagan an déidh na h-uarach bha i loma-làn sluaigh a mach air an dorus. Fhuair aon de na h-eildeirean, caraid còir air an robh mi eòlach o chionn fhada, àite-suidhe dhomh aig bonn na cùbaid—cha robh bheag de shuidheachain falamb anns an eaglais ach e fhéin—agus dh' éisd mi ri dà shearmon shnasail sboisgealach a rinn greim air aire an luchd-éisdeachd o'n toiseach gu'n deireadh.

Smaointich mi uair no dhà o'n là ud na'n robh an seann saighdear beò gur e a chridhe leumadh, a' faicinn na h-eaglais làn. 'S iomadh là a shuidh e innte gun duine beò eile ach am ministir 's a bhean 's a chlann. Tha e air aithris gu'n robh am ministir liodach agus ruith 'na chainnt, agus ged bha e anabarrach ionraic 'na ghluasad gu robh e car searbh a bhi 'ga éisdeachd. Thachair do bhalach òg nach tug a' bheag leis de'n teagasg a leth-sgeul fhéin a ghabhail d'a mhàthair aon latha, is i féoraich mu 'n t-searmon, "a bhean" ars' esàn "cha chainnt shàbaid e."

Faodaidh tu bhi cinnteach, ma ta, gur h-iomadh là a dhi-chuimhnich an saighdear briathran na cùbaid agus a chual e rithis na peileirean a' frasadh m'a chluasan nuair a chaidh an ruaig mu dheireadh air Bonapart. Na'n robh co-thional a' chomanachaidh 'o dheireadh fa chomhair theireadh e ris fhéin gur ann air an t-seann sgìr a thàinig an dà latha nuair a fhuair mi-rùn an Dealachaidh a leithid de bhuille.

Dh' fhàg iomadh saighdear an t-oisein so de dhùthaich Mhic-Leòid mu nach 'eil mór fhios aig an t-sluagh an diugh, ach tha dithis diubh gu sònruichte a tha coltach ri Abel, air dhaibh a bhi marbh tha iad fathast a' labhairt,—Tormod MacLeòid á Ùnais agus Niall MacLeòid á Lusta. Bha iad cho meanmnach misneachail na'n òige, 's na'n robh iad beò ann an là a' Phrionnsa bhiodh iad ann an streup Chuil-

fhodair, air neo a' togail èhreach o mhuinntir Shléibhte. An àite sin chaidh iad le chéile a null thar cuain a dhion na rioghachd, Tormod ann an arm Wellington, agus Niall ann an cogadh a' Chrimea far an d' éirich e gu bhí 'na Mhàidsear. Ach 's e a chùim beò an ainm ann an eachdraidh na sgìre gu'n robh iad le chéile 'n an deagh shaighdearan Iosa Criost. Nuair a dh' fhàs Tormod 'na fhìor sheann duine bha e air a ghiùlan, coltach ri Eoin ann an Ephesus, a stigh do 'n cho-thìonal, agus bhiodh an sluagh ag éisdeachd le ro-aire ris a' bheagan fhacal a rachadh aige air a labhairt mar fhacail aig an robh ùghdarras nach robh aig briathran duine sam bith eile. Cluinnidh tu, cuideachd, briathran gear glic Néill air an aithris fhathast, a bhiodh e labhairt air là na Ceisd. Bha e fhéin is Tormod fada 'n aghaidh sodail, agus so agad mar a fhreagair iad dà bhean bhrosgulach nach robh a' rìdh air móran creideis. Arsa te dhuibh ri Tormod, "Nach annasach," a Thormoid, "gu'm biodh Crìosduidhean móra mar a tha sibhe a' marbhadh dbaoine." "Tha sinn 'n ar Crìosduidhean cinnteach gu leòir," arsa Tormod, "ach chan 'eil sinn bog." "Dé nise, a mhàidsear," thuirt an té eile, "a bhios sibh fhéin a' deanamh ann an nèamh nuair a théid sibh ann?"

"Bi mi deanamh ann an nèamh," fhreagair am Màidsear, "an rud a théid iarraidh orm a dheanamh."

Chan 'eil mi am barail gu bheil duine beò an diugh a chunnaic aodann Thormoid, agus tha iad

a' fàs sean aig a bheil mór chuimhne air a' mhàidsear, ach 's math an comharradh air àite sam bith nach leigear am firean air dì-chuimhne, agus gum bi fhacail 's a ghnoimharan a' tighinn a nuas o linn gu linn. Nuair a chruinnicheadh na seann daoine còmhla anns na h-oidhechean gearmhraidh cha bhiodh guth air duine ach Glagan-glùineach is Màrtainn-a-bhealaich 's an t-Aireach Sléibhteach, daoine calma a bha ainmeil air son carachd, caitheamh-cloiche is casgairt-làmh. Faodaidh gu'n cuireadh sin fhéin am feasgar seachad na bu tarbhaiche na tuille 's a chòir de ghusgl nam paipearan-naigheachd an diugh, ach saoilidh mi gur ceum mór adhairt àite sam bith a bhí cumail Thormoid is a leithid air thoiseach, chan ann air son neart-pearsa no dùirn ach air son a bhí 'n an solus agus 'n an salann do 'n oisean anns an robh an còmhuidh.

Anns an t-seann sgìre bha e taitneach a bhí faicinn thighean ùra maiseach an àite nan seann tighean, an sluagh a' dol air ais do'n fhearann a bha aig an aithrichean agus an talamh a bha air fas 'na riasg fo arbhar glan-abuich. Bha e 'na thoil-inntinn cuideachd a bhí cluinntinn gu bheil òigridh na sgìre le fòghlum, misneach, is deagh-dheanadas, a' togail an cinn anns gach ceàrn de 'n t-saoghal. Bha e cheart cho taitneach a bhí cinnteach gu'n d' fhalbh uile nach till tuilleadh ged a rinn iad cron gu leòr fhad 's a dh' fhan iad. Marbh-phaisg orra uile ach fàilte chridheil air a mhath a ghabh an àite.

Cor na dùthcha

THA na làithean so deuchainneach gun teagamh, ach cha toigh leam daoine a bhí caoidh 's ag ochanaich mar gu'm biodh crìoch a' tighinn air mórachd Bhreatainn, is gus leasan a thoirt do mhuinntir na h-ochanaich, bu mhaith leam an naigheachd bheag so innseadh dhaibh, naigheachd a bha air a h-innseadh leis an duine chaomh nach maireann, Iain P. Struthers, ann an Grianaig, mu chòmhradh a bha eadar dà choimhearsnach air maduinn Sàbaid an àm a' chogaidh.

B'e ainm an dara fir Uilleam, agus ainm an fhir eile Anndra. B' ann de'n t-seòrsa a bhios ag osnaich agus ag ochanaich a bha Uilleam; an seòrsa a bhios a' caoidh cor na dùthcha, is cor na h-eaglais, is cor an t-saoghail, gun sgur. Bha e 'na dhuine gearanach, mi-thoilichte, làidir 'na bheachd, is dùil aige nach robh ann an daoine eile ach daoine aineòlach an coimeas ris fhéin. Bha Anndra 'na dhuine sàmhach ciallach a bhiodh a' tomhas a bhriathran, duine leis nach bu toil ràbhart cainnte.

Maduinn Sàbaid a bha iad a' seachas thairis air a' ghàrradh a bha eadar na tighean

aca, thubhairt Uilleam,—“Tha mi an dùil nach robh àm riamh ann an eachdraidh na dùthcha cho cunnartach 's a tha againn an dràs.”

“Chan 'eil e gum chunnart gum teagamh,” fhreagair Anndra.

“Gum chunnart,” arsa Uilleam, “tha mi ag ràdh riut nach robh àm eile riamh ann cho cunnartach ris.”

“Làithean sòluimte gun teagamh,” arsa Anndra.

“Cho sòluimte,” fhreagair Uilleam gu cas, “'s nach robh làithean cho sòluimte riu ann an eachdraidh an t-saoghail riamh. Ciod air bith a their thusa is e sin a their a h-uile duine glic, agus is e sin a tha na paipearan-naigheachd ag ràdh, nach robh làithean mar so ann bho thoiseach an t-saoghail.”

“A bheil cuimhne agad ciod a thachair anns an Fhraing air a' cheathramh là fichead de August, 1572?” arsa Anndra.

Chuir so stad beag air ochanaich Uilleam. “Chan urrainn mi a ràdh gu bheil,” arsa 'esan.

“Sin agad, mata, an là ris an abrar là an Naomh Bartolemus, an là air an robh ceithir

mìle de na Huguenots air am mort. Agus a bheil fhios agad cìod a thachair anns an Spainnt air a' cheud là de 'n cheitein ann an 1545? No cìod a thachair an Russia air an dara là de April, 1512? No am Peru ann an 1544? No an Guatemala ann an 1524? No an Afghanistan ann an 1725? No an Tibet ann an 1318? An aithne dhuit aon ni a thachair anns an Asia eadar 550 agus 1100? No aon ni a thachair ann an China fad dà mhìle bliadhna roimh bhreith Chrìosd, no fad mìle bliadhna 'n a dhéidh?"

"An aithne dhuit fhein," aris' Uilleam gu frìonasach, "cìod a thachair anns na dùthchannan sin anns na bliadhnan sin?"

"Chan aithne gu dearbh," aris' Anndra, "ach gus am bi barrachd eòlais agam air eachdraidh an t-saoghail na tha agam cha bu mhaith leam a bhì cleachdadh nam briathran a bhios tusa a' cleachdadh," nach fhacas agus nach cualas riamh leithid nan làithean so."

Chuir so an fhearg air Uilleam agus is e a thubhairt e, "Mur h-aithne dhomh eachdraidh an t-saoghail is aithne dhomh am Biobull."

"An aithne dhuit, mata," aris' Anndra, cìod a thachair ann an 2348 roimh bhreith Chrìosd, no ann an 538?"

"Chan 'eil cuimhne agam," aris' Uilleam.

"Theagamh nach 'eil," aris' Anndra; ann an 2348 B.C. thàinig an tuil air an t-saoghal, agus ann an 538 B.C. thuit Babilon mór. Ach bidh cuimhne agad cìod a thachair ann an 70 an déidh breith Chrìosd?"

Mar dhuine as am biodh na faclan 'g an tarruing fhreagair Uilleam, "Chan urrainn mi a ràdh gu bheil."

"B'e sin a' bhliadhna anns an robh Ierusalem agus an teampull air an leigeadh gu làr le saighdearan na Ròimhe, a' bhliadhna anns an robh an fhàistneachd a rinn Chrìosd air a coimh-ionadh," anns an àm sin bithidh àmhghar mór ann, amhuil nach robh ann o thùs an domhain gus a nis, agus nach mò a bhitheas a chaoidh."

Cha do chòrd so idir ri Uilleam; "ma tha mise 'g ad thuigsim," aris' esan, "tha thu a' ciallachadh nach 'eil an t-àm so idir cunnartach."

"Cha d' thubhairt mise dad de 'n t-seòrsa sin," aris' Anndra, "is e na thubhairt mi gu'm bu chòir dhuinn le chéile air briathran a thomhas, agus an tuilleadh eòlais a bhì againn air eachdraidh an t-saoghail m' an tòisich sinn air a ràdh mu na làithean so nach robh an leithid riamh ann, no làithean cho cunnartach riu. Dh' fhaodainn-sa a ràdh gu bheil an càl anns a' ghàrradh agad fhéin a' sealltuinn gu maith, ach chan ionnain sin agus na'n abrainn nach robh càl riamh air an t-saoghal cho mhaith ris."

"Cò a bha bruidhinn air cal?" aris' Uilleam; "cha b' ann air càl a bha mise a' bruidhinn."

Bha Anndra a' dol a' ràdh rud-eigin eile, ach chuimhnich e air an fhacal ud a labhair an duine glic, agus dh' fhan e sàmhach, 'Ged phronnadh tu amadan ann an soitheach-pronnaidh am measg cruithneachd le bruthadair cha dealaich amaideachd ris.'

Aig an Uinneig

Coileach do Asclepius

Anns an àireamh mu dheireadh bha mi a' bruidhinn air Gàidhlig ach cha do chrìochnaich mi mo sheanchas is faodaidh mi a nis innseadh cìod a thachair an là a bha an t-Urramach Niall Mac Phàrlainn, B.D., a' bruidhinn air bàs Shocrateis. A mach o'n chuid sin de na soisgeulan a tha ag innseadh mu bhàs Chrìosd chan 'eil dad eile ann an litreachas an t-saoghail as mò a thaisicreas cridhe duine na'n naigheachd a dh'innis Plato mu bhàs Shocrateis. B'e am facal mu dheireadh a labhair e, agus a chasan air fàs fuar is am puinnsean a thug iad dha air dol gu chridhe, *A Chrito; tha mi fo fhiachaibh do Asclepius ann an coileach; an cuimhnich thu am facal a phàigheadh?* (B'e Asclepius dia na dotaireachd no an eòlais-leighis).

Tha searmon Beurla aig ministear Chille-sgumain anns an d'innis e an naigheachd so, agus anns a' Bheurla bha a h-uile ceum de'n naigheachd air innseadh cho òrdail agus cho sòluimte 's gu robh i furasd a' tuigsinn: Crito 's an coileach 's gu léir.

Ach là sònraichte nach robh searmon Gàidhlig deas aige thug e leis do'n chùbaid an searmon Beurla ud mu bhàs Shocrateis, is dh' fheuch e ri deise Ghàidhealach a chur air mar bha e dol air aghaidh. Aig fheabhas is suarach cho cuimseach 's a tha an t-Urramach Niall Mac Phàrlainn, B.D. an Gàidhlig, ach an là ud, eadar gu robh a choguis 'g a dhètheadh a chionn nach d' ullaich e biadh do'n t-sluagh, agus gu robh e mothachail nach robh an naigheachd a bha e feuchainn ri innseadh a' beantuinn ri cridheachan an luchd-éisdeachd, chaidh e ann an ceò gu buileach. Dh' fhàg e mach sguinn de'n naigheachd uile gu léir, agus gun uiread agus innseadh cò a thubhairt am facal no cò ris, chrìochnaich e leis na briathran so, *Tha ainbheach aig Asclepius orm: thoir dha coileach.* Dhùisg an coimhthional uile an uair a chual iad am facal *coileach*, ach ma dhùisg, cha chuala iad facal eile, is cha robh aca de shearmon a mhinistear an là ud ach, *Tha ainbheach aig Asclepius orm: thoir dha coileach.*

Tha Iain Mac Coimnich mall 'n a chlaisteachd; cha do rug e air Asclepius gu ceart; shaoil e

gur e sglèapaire a thuir am ministear, is chuir e ionghnadh an t-saoghail air ciod a bha an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., a' ciallachadh, no cò an sglèapaire aig an robh ainbheach air, 's a bha ri coileach fhaotainn.

Ma dh' fheòraicheas tusa, a leughadair, ciod a tha so uile a' teagasg, tha e a' teagasg, anns a' cheud àite, gur ceart do mhinistear a shearmon Gàidhlig ullachadh cho òrdail agus cho èuramach 's a dh' ullaicheas e a shearmon Beurla, agus anns an dara àite, gur glie do mhinistearan Greugaich is coilich is *briathar-shàmhlaidhean* fhàgail air an dùnan féin.

Facail Ghàidhlig

Chuir a h-aon no dhà thugam facail Ghàidhlig air son nam facal Beurla a thug mi dhuibh anns an àireamh mu dheireadh, ach an earalas gu'n tig feadhainn eile thugam fhathast fanaidh mi gun binn a thoirt a mach gus an ath mhios. Ach faodaidh mi a ràdh anns an àireamh so nach 'eil gin de na fhuair mi 'g am thoileachadh. Na'n cluinneadh Iain Mac Coinnich feadhainn de na facail so ann an searmon an Urramaich Niall Mac Phàrlain, B.D., chuireadh iad uiread ionghnaidh air 's a chuir an coileach.

Mu òl is itheanaich

Chuala mi iomadh searmon mu stuamachd a thaobh dìbhe ach cha chuala mi riamh searmon mu stuamachd a thaobh bidh. Ged nach bu mhaith leam a ràdh gu bheil an geòcair cho dona ris an drongair, cha mhò a tha mi creidsinn gur h-urrainn daoine geòcach a bhi fìor dhiaidh. Mùchaidh an fheadhail an spiorad. Chan 'eil naomhachd is reamhrachd a' dol còmhla tric. Sheibh thu nùle dearbhadh air sin ann an eachdraidh na h-eaglais agus an eachdraidh an t-saoghail. B' aithne dhomh ministear de'n eaglais Shaoir a bhiodh ag ràdh gu'm b' fheàrr leis deacon a dheanamh de dhuine reamhar na foirbheach; nach b'e tomhas mòr de spioradalachd a bha air iarraidh ann an deacon ach nàdur réidh is gliecas saoghalta, is ciall a thaobh ghnòthuichean, is sìthealachd am measg bhràithrean. Am bitheantas tha daoine reamhar 'n an' daoine réidh sìthil.

Ach mur bi sinn a' searmonachadh uair air bith mu bhìadh no mu itheanaich tha gu leòir de chinnt-theagaisg mhaith anna a' Bhiobull; facail a rachadh a steach gu domhain ann an coguisean dhaoine na'n robh an saighead air a luibhairt gu cuimseach.

Co aca a dh'itheas no dh' òlas sibh deanaibh na h-nìle nithe chum glòire Dhé.—1 COR. x. 31.

Deasaichidh tu bòrd fa m' chomhair.

—SALM XXIII. 5.

Aran do Dhe; bithidh e naomh dhuit.

—LEVIT. XXI. 8.

Dh'ith iad am biadh le gàirdeachas, a' moladh Dhe.—GNATHOMH II. 46.

Thubhairt Iosa, Achlann, a bheil biadh agaibh Fhreagair iadsan e, chan 'eil.

Glac e aran agus thug e dhaibh e, agus iasg mar an ceudna.—EOIN XXI. 4-13.

Ma dh' fhosglas meach air bith an dorus thig mi steach agus gabhaidh mi mo shuipear maille ris.—TAISBEAN III. 20.

Dh' àithn e càileigin a thoirt dhi r'a itheadh.

—MARC. V. 43.

Thugaibh aigheachd d'a chèile gun ghearan.

—1 PEADAR IV. 9.

Ealamh gu roinn.—1 TIM. VI. 18.

Aran an diomhanais.

—GNATH-FHOCAIL XXXI. 27.

Aran na ceilge.—GNATH-FHOCAIL XX. 17.

Biadh nan aingeal.—SALM. LXXVIII. 25.

Aran a' bhròin.—SALM. CXXVII. 2.

Ma's duine thu air do thabhairt do chraos (do gheòcaireachd) cuir sgian ri d' sgòrnan.

—GNATH-FHOCAIL XXXIII. 2.

(*Chan 'eil so ag iarraidh ort làmh a chur 'n ad bheatha ach gun ruith a leigeil le ana-miann.*)

Ith, òl, agus bi subhach.

—AMADAN SONRAICHTE.

Ma dh' ith mi mo ghreim am aonar agus nach d' ith an dilleachdan dheth ciod a fhreagras mi do Dhia?—IOB XXXI. 17.

Thigibh, ceannaichibh, gun airgiod agus gun luach, fion agus bainne.—ISAIAH IV. 1.

Thug e dhaibh aran o nèamh r'a itheadh.

A Thighearna, thoir dhuinne an t-aran so an còmhnuidh.

Thubhairt Iosa, Is mise aran na beatha.

—EOIN VI. 31-35.

Ghlac e aran, agus an déidh buidheachas a thabhairt bhris e e.—LUCAS XXII. 19.

Co dhiùbh a tha ann an t-aran naomh air bòrd a' chomanachaidh no ar n-aran làitheil air bòrd an teaghlach is còir dhuinn buidheachas a thoirt do Dhia air a shon, agus ainm an Tighearna a bheanachadh. Mur dean sinn sin chan 'eil sinn ag itheadh no ag òl chum glòire Dhe. Ach eadhon ann an teaghlachan a tha ag aideachadh tha dearmad air a dheanamh an diugh air altachadh roimh bhìadh. Sin rud nach 'eil ceart no iomchuidh. Uair a chual an t-Ollamh Mac Iain ministear a' deanamh altachaidh gun ainm Chrìosd ainmeachadh thug e achmhasan dha. Bu chòir ar biadh uile a bhi air itheadh mar chuimhneachan air-san, a' toirt buidheachais do Dhia trid-san, *oir is ann uaithe-san, agus trid-san, agus air à shon-san, a ta na h-uile nithe; dhasan gu robh glòir gu sìorruidh.*

Speuradaireachd agus eagal

Chan 'eil dòigh anns an fhasa dhuit eagal a chur air daoine na tòiseachadh air innseadh dhaibh mu mheudachd agus mu fharsuingeachd do-rannsaichte a' chruthachaidh. Sin an aon phort a tha aig cuid de luchd-ealadhain an diugh, agus fear de na puirt a tha aca uile. Tha Sir Seumas Ieans agus speuradairean eile a' toirt air cridheachan dhaoine cha mhór leum as an cochull leis na figearan a tha iad a' toirt dhuinn mu'n astar a tha cuid de na reultan bhuainn, mu àird agus mo leud agus mu dhòimhneachd a' chruthachaidh, an coimeas ris an t-saoghal bheag shuarach so nach biodh air ionndrainn as a' chruthachadh ged rachadh e 'na smùid am màireach. A thaobh mhic an duine their iad nach 'eil ann ach neoni: frìde nach mair ach seal; gucag mar a chithear air uchd a' Chuain Shiar fad leth mionaid ach a théid as an t-sealladh gu bràth m'an gann a luidheas do shùil oirre. Ma tha Cruithear idir ann, their iad, nach gòrach agus nach ladarna do Sheònaid Eachainn no do dhuine eile an Cille-Sgumain a bhi saòilsinn gu'n gabh e suim do na h-ùrnuighean beaga mu nithean beaga a bhios iad a' cur suas ris?

Ciod air bith a their thusa, a leughadair, chan 'eil ann an cainnt mar sin ach fìor dhroch reusanachadh; chan ann ri do reusan a tha na daoine ud a' labhairt idir ach ris a' phàirt sin de t' inntinn ris an abrar *mac meamna*, pàirt de'n inntinn air a bheil e furasd eagal bhòchdan a chur, móran na's fhasa na tha e eagal a chur air de reusan. Ann an solus reusain chan 'eil e gu mùghadh air bith co dhiubh a tha an saoghal mór no beag, a thaobh ar n-ùrnuighean; is e na speuradairean iad féin a tha leanabail agus a tha smuaineachadh air Dia mar gu'm bu duine e, an uair a shaoileas iad nach aithne dha muinntir Chille-Sgumain a chionn gu bheil e cho trang anns a' ghrioglachan agus a chionn gu bheil uiread astair aige ri shiubhal ma ruig e crìochan a thighearnais agus m'an seall e thairis air uile chuibhlichean a' chruinne-cé. Tha iad a' labhairt mar gu'm bu duine Dia; duine aig a bheil uiread chùisean air a làmhnan 's nach *urrainn dha gun dearmad a dheanamh air cuid dhiubh*. Chan 'eil anns an eagal a bhios iad a' cur air daoine ach *bòchdan*; bòchdan a tha uanhasach do mhac-meamna na h-inntinn ach nach cuir eagal no giorag air ar reusan; agus nach cuir ragal air ar creideamh.

Guth Iosa

G U'N cuala mi guth Iosa ag ràdh,
 “Thig làmh rium, anam sgìth
 Dean laighe, pheacaich through, gun dàil,
 Air m' uchd is gheibh thu sìth.”
 Gu Iosa thàinig mi mar bha,
 Cràidhteach is fann le bròn,
 Air uchd-san fhuair mi àite-tàimh
 A dh' fhàg mi làn de ghloir.

Gu'n cuala mi guth Iosa ag ràdh,
 “Feuch, bheir mi dhuibh gu saor
 An t-uisge fìor; crom's òl do shàth
 'S bi beò gu saogh'l nan saogh'l.”

Gu Iosa thàinig mi is dh' òl
 Mi sruth na beatha fìor,
 Fhuair m' iotadh sàth; fhuair m' anam treòir,
 Is còmhnuidh leis gu sior.

Gu'n cuala mi guth Iosa ag ràdh,
 “'S mi solus làn an t-saoghail,
 Seall rium is teichidh d' uile sgàil
 'S do là bidh dearsach caoin.”
 Sheall mi ri Iosa agus fhuair
 Mi annsan uil is grian;
 'S 'na sholus beò gu'm bi mo chuairt
 Gu crìoch mo làithean triall.

page 16 lines short.



Tha cuid de luchd-leughaidh nan duilleagan so aig nach 'eil fhios cò tha 'g an deasachadh, oir bithidh iad a' cur litrichean umpa gu Mghr Mac an Léigh, 121 Sràid Sheòrais, an Dunéideann, fear-deasachaidh an leabhair Bheurla. Tha na duilleagan Gàidhlig air chiram Dhòmhuill Mhic Laomuinn, am Blàr Adholl, am Peairt.

Aiseirigh Chrìosd

“*Dh' éirich an Tighearna da rìreadh.*”—LUCAS XXIV, 34.

AIR feadh an t-saoghail gu léir aig an àm so de'n bhliadhna tha creidmhic a' cumail cuimhne air aiseirigh Chrìosd; ann an deich mìle teampull togar am fonn ait air Dòmhnach na Càisge,

*Dh' éirich Crìosd a nòs o'n uaigh,
Seinneadh na tha bhòs is shuas;
Seinn a thalaimh, seinn a nèimh,
Cuiribh uile chliù am meud.
Feuch a nis tha Iosa beò,
Ghabh e còmhnuidh shuas an Glòir;
Thug a bhàs an gath o'n bhàs
'S chaill an uaigh a buaidh gu bràth*

Chan 'eil iongnadh ged dheanadh an eaglais gàirdeachas anns an sgeul aoibhniche so, oir is e aiseirigh Chrìosd stéidh a creidimh agus a dòchais. Faodaidh e bhith gu bheil daoine ann a tha creidsinn gu'm maireadh an creideamh Crìosduidh beò ged bhiodh e air a dhearbhadh nach robh anns an aiseirigh ach faoin-sgeul, ach tha mi an dùil gu'n abair a' mhór-chuideachd mar thubhairt Pol, *Mur d' éirich Crìosd tha ar creideamh dìomhain.*

Tha an eaglais air a stéidheachadh air soisgeul na h-aiseirigh; na'n do ghleidh an uaigh corp Iosa cha bhiodh iomradh an diugh air ainm. Thug na chunnaic iad air Calbhari buille-bhàis dò dhòchas nan abstol, ach thug na chunnaic iad air feasgar na h-aiseirigh buille-bhàis do'n eu-dochas agus do'n as-creideamh a lìon an cridheachan air Calbhari.

Chan 'eil e coltach gu'n deachaidh a h-aon aca a dh'amharc na h-uaihe anns an do thaisg Ioseph corp an t-Slànuigheir. Faodaidh e bhith gu robh eagal orra an gnùis a nochdadh, oir bha an naimhdean air an tóir. Ach an glasadh an latha thàinig Muire is mnathan eile a dh' ionnsuidh na h-uaihe, chum corp Iosa ungradh le spìosraidh. Chan 'eil cladh anns an dùthaich anns nach fhaicear fluraichean air na h-uaihean oir tha e 'na riarachadh do'n bheò tabhartas-gaoil a leagail air leacan nam marbh a chaidh as an t-sealladh. Sin a thug air Muire agus air na mnathan eile dol gu uaigh Chrìosd am briseadh an là.

Ach an uair a ràinig iad an t-àite *bha an uaigh falamh*. Sin rud ris nach robh fughair aca oir cha tàinig e idir 'n an cridhe gu'n d'éirich Crìosd no gu robh e beò. Cha robh fhios aca ciod a bha ceàrr, ach smuinich iad gur e an rud

a b'fheàrr a ghabhadh deanamh fios a thoirt do Pheadar 's do Eoin.

Air ball thàinig an dà abstol is chunnaic iad gu robh a' chùis da rìreadh mar dh'innis Muire dhaibh; bha an uaigh falamh, an lìon-eudach agus an neapaicin a bha m'a cheann 'n an laighe ann an dòigh a chuir iongantas orra, agus a rinn cinnteach iad nach e doaine a thug air falbh an corp.

Thill Eoin is Peadar dhachaidh, ach mar eun ag itealaich mu'n cuairt na nid a chreachadh, dh' fhan Muire aig an uaigh, a' sìleadh dheur. Fhuair a dìlseachd duais, oir chunnaic i dà aingal a thubhairt rithe, *Car son a tha thu a' gul.* Ach bha na b'fheàrr a' feithearh oirre, oir chunnaic i cuideachd an Ti d'a bheil na h-aingean a' frithealadh. Dh' fhaodadh Muire a ràdh gu'm bu bheannaichte ise am measg bhan, oir b'e a sùilean-se na ceud shùilean a dhearc air Slànuighear an t-saoghail air maduinn na h-aiseirigh, agus a cluasan-se na ceud chluasan a chual a ghuth.

Ach eadar dorchadas na maidne is ceò nan deur a bha 'na sùilean cha d' aithnich i e an toiseach. Theagamh nach do sheall i air gu ceart, oir shaoil i gur e an gàirnealair a bha ann. Ach ghairm Crìosd i air a h-ainm,—*A Mhuire.* Leum a cridhe, oir dh' aithnich i a ghuth, is ghlaoidh i le gàirdeachas is iongnadh, *Mo Mhaighstir.*

Anns an fheasgar dh' fhoillsich Crìosd e féin do dhà dheisciobul air an t-slighe gu Emmaus. Ged nach b' ann de chomunn nan abstol na daoine ud bha iad a cheart cho tìrsach ris na h-abstoil an déidh na thachair an Ierusalem air an t-seachduinn a chaidh seachad. A réir chos-lais chual iad an seanchas a bha dol am measg nan deisciobul, gu'n d' fhuaradh an uaigh falamh. Ach ma chuala, cha do chreid iad e, is cha robh dòchas air bith aca gu robh Iosa beò.

Dh'innis iad do'n choigreach a bha coiseachd maille riu car air char mar thachair; mar bha Iosa air a chur gu bàs Di-haoine air crann-ceusaidh; an dòchas a bha aca uaireigin gu'n saoradh e Israel, dòchas a chaill iad a nis gu buileach; dh'innis iad dha gu robh e air a sheanchas am measg nam ban agus am measg dheisciobul eile gu'n d'éirich e as an uaigh, ach air an son fhéin dheth, nach robh iad a' creidsinn sin.

Ciod a thachair 'na dhéidh so cha ruig mi

leas innseadh, oir tha Lucas 'ga innseadh (Caib. xxiv.) ann an dòigh mhaiseach nach toigh leam a mhilleadh le droch ath-innseadh air. Ach m' an do dhealach e riu bha an sùilean air am fosgladh, is chunnaic is dh' fhiosraich iad rud nach fhaca is nach d' fhiosraich eadhon na h-abstoil, oir ged bha e maille ris na h-abstoil aig an t-suipear anns an t-seòmar uachdrach, b' ann ann an staid a dhaonnachd agus ann an coslas fheòla a bha e maille riu, ach bha e maille ri Cleopas agus ri chompanach aig a' bhòrd ud ann an corp a ghlòire.

An déidh dha dol as an t-sealladh thill an dà dheisciobul gu Ierusalem a dh' innseadh do na h-abstoil ciod a dh' fhiosraich iad. Bha an treud beag sgapte le h-eagal 'nuair a dh' fhàg Cleopas am baile 's a' mhaduinn, ach 'nuair a thill e bha iad cruinn ann an aon àite (cha robh Tomas ann) a' deanamh iolaich 's ag ràdh, *Dh' éirich an Tighearn is chunnaic Simon e.* Ma bha sgeul iongantach aig na h-abstoil ri innseadh do Chleopas bha sgeul cho iongantach aig Cleopas ri innseadh dhaibh, ach am feadh 's a bha e 'ga h-innseadh thàinig tosd iongantach air a' chuideachd, oir feuch, *bha Crisod maille riu.* Bha na dorsan dùinte; cha chualas fuaim a theachd gus an cual a' chuideachd an guth ciùin air an robh iad eòlach, *Sith maille ribh.*

Ghabh iad eagal oir shaoil iad gur spiorad a chunnaic iad, ach air dha a lànhan agus a chasan, is làrach nan tàirngean annta, a leigeil fhaicinn dhaibh, chreid iad. Theagamh gu'n do chuimhnich cuid dhiubh air an fhacal a thubhairt e riu, Chi mi sibh a ris, agus ni sibh gàirdheachas, agus bhur n-aobhneas cha toirear uaibh.

Dh' innis càch so uile do Thomas, ach bha Tomas mar bha iad féin an toiseach, mì-chreideach. Chuir e teagamh eadhon am facal Pheadair is Eoin, is thubhairt e nach tugadh e géill do naigheachd cho neo-choltach mur faiceadh e Crisod le shùilean féin, agus mur beanadh e le mheuran ri làrach nan tàirngean 'na chorp. Bha Crisod cho caomhail agus cho faighidinneach ri cruas-cri dhe nan deisciobul an déidh, aiseirigh 'sa bha e ann an làithean fheòla,

is thug e do Thomas an dearbhadh a dh' iarr e.

Ciod tuilleadh a tha ri ràdh? Anns na sé seachduinnean a bha Crisod air thalamh an déidh dha éirigh o na mairbh dh' fhoillsich e e féin do na deisciobuil an iomadh àite agus air iomadh dòigh. Mur b' e gu robh iad a' creidsinn gu'n d'éirich esan agus gu robh e maille riu, cha d'éirich iad féin gu bràth à slochd an eudòchais agus an as-creidimh anns an do thuit iad an uair a chunnaic iad a chorp sìnte air a' chrann-cheusaidh, agus a chual iad a naimhdean a' magadh air agus ag radh, *Saor thu féin a nis, ma's tu Crisod, aon taghta Dhe.* Mar sin is e an aiseirigh a' charraig air an do thogadh an eaglais; is e cumhachd na h-aiseirigh a rinn searmonaichean is soisgeulaichean de dhaoina a bha air bheul an dòchas a chall.

An uair a chaidh na h-abstoil a mach a shearmonachadh soisgeul na rioghachd b' e aiseirigh Chrìosd toiseach is meadhon is deireadh an searmonachaidh, agus an uair a thagh iad duine a ghabhadh àite Iudais thagh iad duine a b'urrainn fianuis a thoirt mu'n aiseirigh. Shearmonaich iad an soisgeul sin anns an dearbh bhaile anns an do thachair an t-Ionghnadh Mór, ach cha b'urrainn Phairisich no Sadusaich am fianuis àicheadh, no dhearbhadh nach robh iad a' labhairt ach sgeul fhaoin.

Chan ann do neach marbh a tha an eaglais ag aoradh ach do Rìgh a tha beò agus a bhios beò gu sìorruidh, neach aig a bheil cumhachd is uachdaranachd, agus a tha nis a' coimhlionadh ministrealachd as farsuinge agus as buadh-mhoire na b' urrainn e dheanamh ann an làithean fheòla. Sin an aidmheil agus an fhianuis agus an soisgeul a tha air chùram na h-eaglais gu bràth, agus a tha mar fhiachaibh oirre a thoirt do 'n t-saoghal, oir is e aiseirigh Chrìosd clach-chinn na h-oisne anns a' Chreideamh Chrìosduidh.

Beannaichte gu robh Dia agus Athair ar Tighearna Iosa Crìosd, neach, a réir a mhórtòcair, a dh' ath-ghìn sinn gu beò dhòchas, tre aiseirigh Iosa Crìosd o na mairbh, a chum oighreachd neo-thruaillidh agus neo-shalaich, agus nach searg as, a tha air a gleidheadh anns na nèamhan dhuibh-se.

Di-dòmhnach Càsg

1. **G**LOIR do Dhia anns na h-àirdibh,
Tha'n Tighearn air éirigh le buaidh.
Tha 'm bàs air a shaltairt fo shàiltean,
'S a' chlach air a càradh bhò'n uaigh,
Làn dochas gach cridhe bha cràiteach,
Gu bheil gràdh a' cur folach air fuath:
'S tha ainglean a' togail ceòl-àbhachd,
'S a' cur nèamh agus talamh gu lauidh.
Aleluia, Aleluia 's na h-àirdibh.
Aleluia, Aleluia gu buan.

2. Thàinig Iosa 'gar saoradh bho dhòruim,
A' taomadh gach gràdh air an t-sluagh:
'S 'na éirigh bha nàimhdeas 'ga leònach,
Is fòirneart 'ga chiùradh 'na chuairt.
Chaidh a ghlacadh, 'sa sgiùrsadh 'sa cheusadh,
Chaidh a dhùnadh fo ghlasan na h-uaigh:
Ach bhreis e gach bann agus seula,
'S tha'n Tighearn air éirigh le buaidh
Hosanna, Hosanna 's na Speuran,
Hosanna, Hosanna gu buan.

Aig an Uinneig

Facail Ghàidhlig

CHUIR trìùir thugam facail Ghàidhlig air 'son nam facal Beurla a chuir mi sìos air an duilleig so o chionn dà mhios, is feumaidh mi a

	(1)	(2)	(3)
Religion	Cràbhadh	Cràbhadh	Diadhachd
Science	Sgiòthainn (Laidiann Scio)	Ealain	Ceaird-eòlais
Evolution	Cur-troimhe	Adhartas	Teachd á filleadh
Biology	Beath-eòlas	Féin-fhiosrachadh	Feallsanachd Ghnéithean
Physics	Phisiceachd	Cungaidh-leighis	Eòlas-leighis
Nature	Nàdur	Nàdur	Nàdur
Chemistry	Ceimidheachd	Mion-eòlas nàdurra	Fear-reic chungaidh-leighis
Politics	Seòl-riaghlaidh	Gnothuichean Siobhalta na rìoghachd	Innleachdan-riaghlaidh
Geography	Geographachd	Ealain na cruinne	Cruinne-eòlas
Allegory	Samhladh	Cosmhalachd fhada	Cosmhalachd
Operation	Sgoradh	Spoilgeadh	Obair
Vote	Guth-taghadh	Aonta	Guth-taghadh
Gambling	Gamaineachd	Cluicheadh air uideal	Cluich air son airgid
Multiplication Table	Clàr fillteachd	Clàr-filte nan cunntas	Bòrd-meudachaidh
Rates	Cisean	Cis	Fiach
Sex	Sic	Gné	Gineal
Pudding	Marag	Buaich	Marag
Ritual	Riaghailt-Aoraidh	Naomh-làimhseachail	Leabhar dheas-ghnàth
Pencil	Bioran-sgrìobhadh	Peann-luaidhe	Peann-luaidhe
Committee	Comhairle	Comhairle	Cuideachd-riaghlaidh
Artificial	Fuadain	Fuadan	Innleachdach

Chan 'eil gin de'n trìùir 'g am riarachadh (theagamh nach deanainn féin na b' fheàrr) ach is e (1) a gheibh an crùn. Gheibh e e a chionn gu'n do sheachain e mearachdan a rinn an dithis eile, agus a chionn gu'n d' fheuch e ri facail ùra a dheanamh air an dòigh cheart, ged nach d'amais e air facail bhòidheach no sgiobalta a dheanamh.

Cha do thuig (2) agus (3) cuid de na facail Bheurla, is chuir sin air seachran iad (physics, biology), ach dh' fhaodadh iad a thuigsinn cuideachd gur e *facail* a bha dhìth orm agus nach e mineachadh de'n t-seòrsa so; *Gnothuichean siobhalta narìoghachd, Fear-reic chungaidh-leighis*. Ach tha amharas agam gu'n do sheall iad anns na Foclairean a dh' aindeòin nach 'eil solus anns na Foclairean ach teine-sionnachain.

Mar a thubhairt mi cheana tha (1) a' faotainn na duaise, chan ann a chionn gu'n do rinn e facail a tha còrdadh rium, ach a chionn gu'n do ghabh e an dòigh cheart; a' cheart dòigh a ghabh sgoilearan Sasunnach air facail ùra a dheanamh anns a' Bheurla. Chan 'eil anns na facail Bheurla *chemist* is *chemistry* ach deise Shasunnach air facail Ghreigis; car son nach leanamaid sinne a' cheart fhasan agus nach abramaid *ceamaisd*, no rud-eigin coltach ris, gun bhì call ùine ag ràdh, *fear-reic cungaidh-leighis*? No car son a bhitheamaid a sgrìobhadh *peann-luaidhe* no *bioran-sgrìobhadh* an uair a tha am facal *peannseal* deanta cheana? Cho fad 's a tha

nis a ràdh cò aca a tha mi an dùil as fheàrr. Los gu'm faic an luchd-leughaidh nach 'eil claonbhàigh agam ri neach seach ri neach eile bheir mi obair na trìùir am follais.

dlùth is inneach, dath is dreach na Gàidhlig, anns an sgrìobhadh, cha chron do dhuine air bith a bhios a' sgrìobhadh Gàidhlig facail Bheurla uisneachadh ma chuireas e iad ann an deise Ghàidhealach a fhreagas orra. Sin an gnothuch, a bheil an deise freagairt orra?

Faodaidh mi a ràdh gur e (1) an t-Urramach Eachann Camshron, ministear seann eaglais na sgìreachd, anns an Oban. Cha do chuir gin de na facail ùra a rinn e ionghnadh no eagal orm, ach feumaidh mi a ràdh gu'n do chuir fear de na seann fhacail aige seòrsa de chlisgeadh orm. Ciod a theireadh muinntir Chearara no muinntir Chòrnaig na'n abradh dotair no ministear riu gu'm feumadh iad dol do Ghlaschu gu bhì air an sgoradh!

Ministearan agus an Tombaca

¶ Cha d' fhuair mi ach aon fhreagairt a dh' fhìreanachadh mhinistearan a bhios a' smogadh. Cha do riarach an fhreagairt sin mo reusan, agus idir idir cha do riarach e mo choguis; mar sin chan fhaigh am fear a sgrìobh i an crùn. So mar a fhreagair e.

“Tha thu ach gann a' toirt dùlain dhuinn aobhar reusonta a thoirt mar Chriosduidhean, air a bhì a' losgadh tùise do Nic-Tìona. Shaoil leam gu'n d' thubhairt Sir Seumas Barrie am facal mu dheireadh air a' chuspair sin ann *Mo Bhaintighearn Nic-Tìona*. Ach tha mi a' faicinn, mar nach tuig bean ach bean eile, nach mò a thuigeas am fear nach 'eil e féin a' sleuchdadh

aig an altair so breithneachadh agus beachdan an fhìr a tha. Agus tha e reusonta a chreidsinn gur h-ann aig an fhèar mu dheireadh so is fhèarr a tha fios.

“ Mar fhéin-àicheadh stad mise de'n tombaca fad naoi seachdainnean ann an 1914. Mu'n robh leth na h-uine fhadalach sin aig crìoch ghuidh is ghuidh mo bhean-tighe orm toiseachadh a ris. Bha mi ann am fiabhrus, agus na bha fo m' chléith neo-chomhfhurtachail, gus na theann mi rium as ùr mo sheann chruit-chiùil.

“ A nis, a mach o fhìor aon annamh, mu'n teann sinn air smogadh chan 'eil feum no miann againn air, is chan fhairich sinn a chion. Ach an déidh dhuinn a' cheaidh ionnsachadh le faighidinn is le fulangas is e dìth sònraichte carraideach a tha ann an cion an tombaca. Ann an iomguin 's an creachal chan 'eil cunngaidh eile a choimeas ris. Faodaidh faochadh mór a bhi do'n as-creideach ann an cagnadh a' phinn ach do na creidmich chan 'eil ni coltach ri toit de'n phìob.

“ Anns a' Ghàidhealtachd ri linn ar seanar is gann gu robh duine a' caitheadh olainn leth ri chneas, ach anart cruaidh lom. Cha d' fhairich iad feum air. Ach cò an diugh a their gur e peacadh a tha ann ma chuireas daoine orra léintean de chlàimh no de Bhritish Celanese? A bheil an sgeadach aig Gandhi 'n a dearbhadh dhuinn air àrd-mhoraltachd an duine neònaich sin? Am biodh e 'n a pheacadh ged chuireadh e, co dhiu, éileadh air?

“ Feumar aideachadh gu bheil *cò-dhìlseachd* ghnothuichean ri chumail 's an amhare ma's maith leinn ar coguisean 's ar connhearsnaich a bhi réidh ruinn, ach, cho fad 's a chi mise, chan 'eil ach an tigh-cuthaich roimh 'n fhèar a dh' fheuchas ri bheatha riaghladh gu mionaideach ann an solus reusoin agus an uile co-dhìlseachd a tha Einstein agus Eddington a' teagasg dhuinn. Tha móran nithean a tha neo-iom-chuidh ged a dh' fhaodas iad a bhi a réir lagha reusonachaidh. Tha móran chleachdanna ceart an diugh a bha ana-ceart an dé, agus tha móran eucoireach a nis a bhitheas urramach 's an àm ri teachd.”

Sin an fhreagairt; freagairt nach 'eil idir a' coinneachadh na h-argumaid làidir a rinn an duine eile. Chan 'eil na thubhairt e ach a' tighinn thuige so; nach urrainn e sgur de'n tombaca gun fàs crosda; gu'n cuir cion an tombaca bhàrr a shiùil e cho mór 's gur buidhe le mhnaoi, air ghaol sìthe is sìochainn, fhaicinn a' tòiseachadh air smogadh a ris.

Ach ged nach biodh e ceart dhòmhsa gnùis a thoirt do argumaid nach seas air a casan, no crùn a thoirt do dhuine nach do choisinn e, (duine, theagamh, nach deanadh leis ach an tuilleadh tùis a cheannach) *cuiridh mi an t-òrainsear a dh' ionnsuidh na mnatha aige.*

An Carghus

So an t-àm de'n bhliadhna ris an abrar an Carghus, na seachduinnean a tha roimh 'n Chàisg; àm de'n bhliadhna anns am bi móran dhaoine air feadh an t-saoghail uile a' smachdachadh an cuirp air sgàth an anama. Theagamh nach 'eil cuid dhiubh 'g a dheanamh ach an ainm a mhàin; ged nach ith iad feòil ithidh iad an leòr de sheòrsachan bìdh eile a tha cheart cho mhaith ri feòil, air chor agus nach 'eil iad 'gan àicheadh féin ann an dòigh air bith, no co dhiu ann an dòigh as fhiach féin-àicheadh a ràdh ris. Ach tha móran eile a bhios 'g an àicheadh féin an da rìreadh; ag àicheadh dhaibh féin nithean a bheireadh thachd do'n fheoil air ghaol leas an anama.

Ciod a theirear ris na nithean sin? Ann an aon seadh chan 'eil an eaglais againne, no eaglaisean Pròstanach eile a' toirt gnùis do na cleachdanna so; cha robh ar trasgadh ach an ainm a mhàin, is tha eadhon là na traisg air a leigeil seachad anns a' chuid mhór de sgìreachdan an diugh, ach air a shon sin tha an eaglais a' sròineasachadh ris an rud so daonnan; a h-uile bliadhna tha céisean beaga air an cur thugainn o 121 Sràid Sheòrais, an Dunéideann, ag iarraidh oirnn sinn féin a smachdachadh air seachduinn shònraichte, agus luach nan nithean a dh' àichaich sinn dhuinn féin a chur anns a' chéis chum aobhar an t-soisgeil a chur air aghaidh anns na dùthchanna thall. Tha so uile ceart, is tha mi an dòchas gu bheil am barrachd dhaoine a' freagairt na gairme so a h-uile bliadhna, ach ciod am bonn no an grunud a tha aig an rud so ann an nàdur mhic an duine agus ann an solus reusoin? Sin an rud a bu mhaith leam a thuigsinn; car son a tha an cinne-daonna a' leantail air a' chleachdadh so o chionn nam mìltean bliadhna, a' peanasachadh a' chuirp air sgàth an anama, a' trasgadh air ghaol Dia fhaicinn?

Chan 'eil teagamh air bith gu robh agus gu bheil an cinne-daonna ris a' chleachdadh so; chan e mhàin gu'm faighear e am measg Chrìosduidhean ach gheibhear e am measg nan Iudhach, am measg nan Hinduach, am measg luchd-leumhuinn Bhuddha agus Mhohamed; gheibhear e anns each ceàrn de'n t-saoghal,— daoine a' pianadh 's a' gearradh an cuirp air ghaol sith fhaotainn d' an anam, daoine a' cadal air drisean is droighionn is faclan cléithe air ghaol adhartas a dheanamh ann am beatha na diadhaidheachd.

Their Gliocas Saoghalta nach 'eil annta ach daoine as an ciall; gu'm b' fhèarr dhaibh, an àite a bhi trasgadh, obair an t-saoghail a chur air aghaidh agus bantraichean is dilleachdain a chuideachadh. Ach chan 'eil sin a' socruchadh dad; a dh' aon ni bhiodh e dàna dhuit a ràdh gu'm bu daoine as an ciall Eoin a' Bhaistidh is

Plato; an Naomh Francis is J. H. Newman; ach a thuilleadh air sin, is e an fhìrinn gur e so na dearbh dhaoine a bhitheas a' cuideachadh bhanaicheadh is dhilleachdan, agus gur e Gliocas Saoghalta am fear mu dheireadh a théid do thigh a' bhròin.

Ciod air bith a their thusa, a leughadair, tha amharus agam-sa gu bheil cumhachdan diomhair is buadhan diomhair ann an nàdur mhic an duine agus ann an corp mhic an duine a tha cathachadh gun sgar an aghaidh anama; cumhachdan is buadhan a dh'fheumas a bhi air am peanasachadh agus air an ceusadh agus air an ciosnachadh, ma ruig an t-anam air beatha is buaidh. Their na diadhairean òga gu h-aotrom iollagach nach 'eil sin fìor; nach 'eil agad ach mac an duine a chur 'na shuidhe anns a' ghréin, agus leigeil le feartan ciùin is caomhail séideadh air, agus gu'n tig gach ni maith as urrainn fàs 'na nàdur fo bhlàth mar an ròs.

Cò aca a tha ceart?

Tha mi a' smachdachadh mo chuirp, arsa Pol, agus 'g a thoirt fo cheamsal; air eagal air chor air bith, an deidh dhomh searmonachadh do dhaoine eile, gu'n cuirear mi fèin air chùl.

Ma bheir do chas no do làmh, arsa Crìosd, aobhar-tuislidh dhuit gearr dhiot iad, oir is fheàrr duit dol a neach do rìoghachd Dhe ciurrarach seach dol do ifrinn.

Sith an t-saoghail

Aig an àm so bu chòir do shluagh an Tighearn a bhi ag ùrnuigh gu'n tugadh Dia gliocas is comhairle do na daoine a tha feuchainn ri sith an t-saoghail a shocruchadh air bunaitean ceart ann an Geneva.

Ma tha rìoghachdan a' dol air an aghaidh mar a bha iad riamh, ag ullachadh dhaoine is arm air son cogaidh, chan 'eil ann ach an fhìor fhaoinas dhaibh a bhi am beachd nach téid iad a chogadh. Theagamh nach 'eil cogadh 'n am beachd a dh' aon ghnòthuch agus gu bheil iad gu h-onorach an dùil nach 'eil rud air an aire ach sith, ach biodh na daoine agus na h-àirm deas agus luath no mall thig an cogadh a dh' aindeòin am boicinn. Biodh arm ann an làimh duine agus uair air choreigin bheir e tarraing air. Gu'n gabh feachd mòr dhaoine anns a h-uile rìoghachd a bhi air an ionnsachadh gu tapaid a dheanamh, urram mòr is airgid mòr air a thoirt daibh gus iad fèin a dheanamh iomlan anns gach cleas a tha innte, agus an còrr de'n t-sluagh a' deanamh bòilich is bostruinn nach 'eil arm eile air an t-saoghal coltach riu (mar a tha gach dùthaich a' deanamh); gu'n gabh sin a bhith agus gun chogadh a bhi ann—cò a chreideas sin ach pàisdean is amadain? Is e màthair-aobhair cogaidh gu bheil na rìoghachdan a' gleidheadh

suas arm, agus gus an stad iad de bhi ag ullachadh air son cogaidh cha bhi sith mhaireannach ann.

Cheana tha clann Edoim a' tòiseachadh air éigheach gur e an dòigh air sith a ghlèidheadh a bhi deas gu cogadh. Ach cha robh, agus chan 'eil, agus cha bhi ann an clann Edoim ach daoine gun chiall; tha boinne de'n chuthach anna fèin agus bu mhaith leò daoine eile a chur bhàrr an siùil. Ach as uchd mhaithis na toireamaid creideas daibh; ma tha na bliadhnachan mu dheireadh so a' teagasg dad idir tha iad a' teagasg so (rud a tha cho soilleir ris a' ghréin) nach robh an cogadh idir ann *mur bitheadh na rìoghachdan deas ann an 1914*. Is ceist i a tha anabarrach duilich ciamar a gheibhear air falbh o bhi cumail suas arm, ach is ceist i a dh' fheumar a shocruchadh ma tha an cinneadhaonna ri bhi air an saoradh o chunnart cogaidh. Gabhaidh a' cheist so ùine agus dragh, ach do bhrìgh gu bheil Breatunn mòr is làidir is beartach, agus nach ruig i a leas eagal a bhi oirre gu'n cuirear gealtachd as a leth air a shon, tha sinn an dòchas gu'n giùlain i uallach an latha ann an oidhirp air a' cheist sin fhuasgladh, mar a ghiùlain i uallach an latha a chosnadh na sith as eugmhais nach biodh e comasach smuaineachadh air a' cheist so idir. Mur dean Breatunn no America e chan 'eil rìoghachd eile a ghabhas mòran suim do'n cheist; leigidh iad le cùisean dol air an aghaidh mar a bha iad riamh — agus bliadhnachan 'na dhéidh so thig an seann uamhas air ais is uamhasan ùr maille ris.

Tha an saoghal an diugh lan aimhreit is tapaid, mort is marbhadh, fuath is gamhlas. Cha ruigeamaid a leas fuighair a bhi againn ri rud eile, oir ciamar is urrainn duit ciall a chur ann an eutach, no toradh sìochail na fireantachd fhaotainn o rud a tha cho neo-reusanta ri cogadh. Tha an Roinn-Eorpa a' buainn an droch shìl a chuir i, ach ged a dh' fheumas sinn duais ar deanadais a ghiùlan tha Dia a' toirt a nis cothrom eile dhùinn ar tigh a chur an òrdugh agus ar cinn a chur r'a chéile a dh' fheuchainn an gabh rathad fhaotainn air ar clàidhean a bhualadh gu coltairean. Gus an tachair sin bidh cunnart cogaidh os cionn ar beatha. Is maith an rud sith a bhi eadar rìoghachdan eadhon ged nach 'eil anns na bannan a tha 'g a cumail ach laghanan teann air an sgrìobhadh air pàipear, ach b' fheàrr air fad sith a bhiodh air a stéidheachadh ri réite is deagh-ghean is gràdh bràithreil. Cha ghabh an t-sith sin a bhi ann fhathast ach thig i ri ùine, agus is maith gu'n tig. Agus tha e gu sònruichte mar fhiachaibh air slugh an Tighearna gach ni as urrainn daibh a dheanamh chum lagh is teagasg Chrìosd a chumail fa chomhair an t-saoghail air a' chùis so.

Dòmhuill Chainnich

Fìrean agus Fìosaiche

ANNs an linn a chaidh seachad bha duine Urramach ann an sgìre Dhìuirinis, an Cataobh, do'm ainm Dòmhuill Sutharlan. Bha a chuideachd anns an Dubhroinn tre iomadh ginealach. Ged bu Shutharlanaich iad bha iad air an ainmeachadh air Clann Chainnich cho fad 's a tha iomradh ri fhaotainn orra. B'e Dòmhuill Chainnich theirte ri a sheanair agus Cainneach mac Dhòmhuill Chainnich ri athair. Rugadh Dòmhuill 'sa bhliadhna 1810. B'i a mhàthair Iseabal Nic-a-Phearsain á Saingo.

Chan'eil fios againn c'uin no cionnus chaidh a ghairm gu h-èifeachdach, ach thòisich e air fianuis a thogail air dha bhì 'na dhuine òg. Bhaisteadh e leis an Urramach Iain Mac-Thomais, ministear na sgìre, ach b'ann fo'n Urramach Uilleam Findlater a chaith e a' chuid mhór de a làithean. Bha e air a dheagh theagasg ann am fìrinn an t-soisgeil agus ann am fìor-fhiosraichidhean nan naomh. Bu duine mór, cóir, Mgr. Findlater. Rachadh Bean a' Chreidimh Mhóir gu togarrach ceithir mìle deug tre'n mhonadh gach Sàbaid 'ga éisdeachd. Dh'fheumadh gu'n robh i a' faotainn deoch mhór mhath á tobair na beatha aig ceann a turuis.

Thàinig Dòmhuill gu bhì 'na dhuine ainmeil 'na là fhéin agus an là an diugh mar aon de dhaoine na dùthcha sin. Bha gihbtean labhairt aige bha taitneach, agus air Di-haoine nan òrduighean bha a theagasg drùidhteach, buadhach, oir bha e sgrìobtuireil, fiosrachail, reusanach. Gidheadh cha b'iad a ghibhitean ach a ghràsan a rinn ainmeil e. Chleachd e bhì feitheamh air an Tighearna gu h-uaigneach, agus bha comharraidhean a' chleachdaidh sin air an cluinntinn 'na chainnt agus air am faicinn 'na ghiùlan am measg dhaoine. Thàinig an sluagh gu bhì a' creidsinn ann mar dhuine le Dia, ris an robh Dia ag éisdeachd, agus d'an d'thug e iomadh freagradh follaiseach a bha mìorbhuileach.

Bha cuid de'n bheachd gu'm b'fhiosaich e, ach b'e beachd na muinntir a b'fheàrr do'm b'eòl e, gu'n robh an duine beò ann an co-chomunn anama ri Dia cho dlùth 's gu'n robh Dia a' foillseachadh dha nithe neo-fhaicsinneach agus dìomhair. Bha iad a' creidsinn d'a thaobh,

“Tha rùn an Tighearn aig an dream
Do'n eagal e gu fìor.”

A réir gach iomradh a fhuairas air, bha an duine beò ann an cleachdadh na h-ùrnuigh, a' creidsinn gu bheil Dia a' feitheamh gu bhì a' toirt freagradh do'n muinntir a dh'éisdeas ris, agus a dh'fhanas ag éisdeachd gus am foillsich

e a rùn dhaibh. Chuireadh e a chùis an làthair an Tighearna gu simplidh, agus an sin shuidheadh e sìos gu sàmbach gus am faigheadh e freagradh.

Thachair do aon de a nàbaidhean, gile beag, a bhì glé bhochd. Chaidh fios a chur air Iain Mac-a-Phearsain, seanair na h-eaglais, agus air Dòmhuill Sutharlan, iad a thighinn gu ùrnuigh a dheanamh air son a' ghìle. Thàinig Iain air ball, ach cha d'thàinig Dòmhuill. Nuair a thàinig e, thuirt Iain ris, “Cìod e a chùim thu cho fada, a dhuine?” Fhreagair Dòmhuill gu ciùin, “Chan fhaodadh an eagair a thighinn gus an d'fhuair e bileag 'na ghob.” “Seadh,” arsa Iain, “agus cìod e a fhuair thu?” “Och, *Johnny* bochd,” Aig an àm bha *Johnny* a muigh a' cluich gu sunndach. B'e Dòmhnullan a bha bochd; agus chaidh e na b'fheàrr air an oidhche sin fhéin. Ghabh *Johnny* an galar agus thug e am bàs air.

B'abhaist dha dhol gu Inbhir-Uig gu iasgach a sgadain, mar a bha chuid mhór de dhaoine an àite a' deanamh anns na làithean ud. Air bliadhna àraidh chaidh caraid òg dha gus an iasgach air son na ceud uaire. Thaghadh sgioba làn air son gach bàta, ach cha d'fhuair an gile gairm ann an aon diubh. Dh'fhaighnich e de Dhòmhuill an comhairlicheadh e dha pilltinn dhachaidh. “Mo ghìle math,” arsa Dòmhuill, “tha am bàs ag ullachadh àite dhuit-sa.” Bha sin air maduinn Di-luain. Anns an fheasgar chaidh a' chabhlaich uile gu cuan, agus dh'fhàg iad an t-òganach 'na sheasamh air clacharan na cala 'na aonar, a' smuaineachadh air briathran a charaid: “Tha am bàs ag ullachadh àite dhuit-sa.” Air d'òim chabhlaich a bhì seòladh gu muir, thuit duine thar bòrd aon dhe na bàtaichean, agus chaidh a chall. Phill am bàta dhachaidh a dh'innseadh na sgeula, agus thug iad an t-àite falamh do charaid Dhòmhuill.

Chaidh bean de mhuinntir Cheann-Loch-Buirbhuidh a thaghal air a càirdean ann an sgìre Dhìuirinis. Aon oidhche bha i air aoidheadh ann an tigh Huistein Mhic-a-Phearsain. Tràth 'sa mhaduinn thàinig Dòmhuill chun an tìghe, a channtainn ri Huistein gu'm bu chòir dha an t-each a chuir 'sa chairt, agus a dhol dachaidh leis a' bhoirionnach oir gu'n robh feum oirre aig a' bhaile. Bu leòir sin le Huistein agus a bhan-aoghe. Dh'fhalbh iad air an turus, ach mu'n d'ràinig iad ceann na slighe chual iad gu'n deachaidh MacCainnich Morasdan, a bha pòsd aig piuthar na mnà, a bhàthadh anns an oidhche air cladach Àiseir.

An déidh doinneann eagalach bha aon de na bàtaichean a bha aig muir nach d'rinn port dheth còmhla ri càch, no air an ath là. Cha

robb innte ach trìuir dhaoine, athair agus dithis mhac. Bha a bhean agus a mhàthair bhoched ann an iomaguin mhóir, agus cha b'ionghnadh e. An robb iad beo? no an robb iad cailte? Ciod e idir a dh'éirich dhaibh? Thog i oirre agus chaidh i dh'fhaicinn Dhòmhull Chainmich. Bha ni-éiginn d'é nàire oirre bruidhinn ris, ach leig i ris a gnothuich d'a mhnaoi. Mar a b'abhaisit dha chaidh e mach gu ionad folaic chum a' chùis a sgaoleadh an làthair an Tighearna. An déidh ùine fhada, thàinig e stigh gun leus sholuis no shòlais aige air son na mnà. Chaidh e air ais an dara h-uair gun chomhfhurtachd gun chomharradh fhaotainn. Bha a' bhean a nis dhe'n bheachd nach robb dòchas air an son, agus bha i ann an éiginn mhór. Cha b'urrainn Dòmhull an còrr a

dheanamh: dh'iarr e, ach cha d'fhuair e. Cha robb e idir deònach dhòl air ais an treas uair; ach chuir na mnathan impidh air, agus chaidh e. Cha robb e fad air falbh an uair a phill e stigh ag ràdh ris a' bhoirionnach; Biodh misneach agad; siubhail-sa dhachaidh agus bi ullamh air son nan daoine. Thàinig an sgioba leis a' bhàta gu tèaruinte dhachaidh.

Tha mòran de sgeulachdan iongantach air an aithris m'a thimchioll an measg an t-sluaigh ann an Dùthaich MhicAoidh gus an là 'n diugh. Bu mhór am beud gu'n rachadh iad á cuimhne. Ma tha neach air bith de mo luchd-leughaidh aig a bheil aon diubh'na chuimhne, bithidh mi ro thaingeil ma chuireas e thugam e.

ALASDAIR MACRATH,
TUNGA.

A Bheil feum ann an Urnuigh?

AN uair a tha mac an duine ann an cruaidh Achàs agus teamtachd 'san t-saoghal so, agus gun duine ann as urrainn cuideachadh a thogt da no cobhair a dheanamh air, tha e am bitheantas an sin a' leigeil a thaic air Dia. Chunnai sinn sin tric gu leòir an àm a' chogaidh mhóir; daoine nach do chleachd riamh roimhe bhith deanamh ùrnuigh, a' greasad gu Cathair gràis agus 'gan sleuchdadh féin ann an làthair an Tighearna 's a' guidhe air gu dùrachdach gu'n deanadh e luchd an gaol a dhion 'sa chumail ann uair a bhiodh iad ri uchd teine agus gàbhaidh, agus an aiseag dhaibh air ais an slàinte agus am fallaineachd.

A nis is e a' cheisd a bheil feum air bith ann a bhith ag ùrnuigh mar so? Tha cuid ann a their nach 'eil agus cuid eile a their gu bheil.

Tha iadsan a tha ag àicheadh gu bheil feum ann a bhith a' guidhe air Dia ann an ùrnuigh a' deanamh sin air an aobhar so. Tha iad ag ràdh gu bheil Dia glic agus ceart 'na uile shlighean agus gu bheil fios aige-san mòran na's fearr na tha againne gu dé a ta a chum ar maith. Shocraich agus shuidhich e na h-uile nithean mar a tha, 's mar a bha, 's mar a bhithas, is chan 'eil e nis a' dol a dheanamh atharrachaidh orra air son duine a chruthaich-eadh riamh.

B'e sin am beachd a bha aig Calum Ruadh, ann an Cill-Pheadair uair a bha coinneamh ùrnuigh aig Maighstir Alasdair còir air son side mhath. Bha fogharadh anabarrach fliuch air a bhith ann, is bha am bàrr air thuar a bhith air a mhilleadh. Nuair thàinig latha agus uair na coinnmh ùrnuigh bha an dile uisge ann, fead aige air na h-umneagan, 'se cur steall as an talamh. Rinn an duine còir ùrnuigh air son side mhath, a bha air leth briagh agus drùidhteach, ach cha deach an t-uisge ni na bu lugha.

Nuair a chaidh a' choinneamh mu sgaol thuir am Beadall ri Calum Ruadh "cia mar a chòrd sud riut?" "Math gu leòir," fhreagair Calum, "ach cha deach ùrnuigh an duine chòir na b' àirde na mullach na h-eaglais." Tha mòran ann aig a bheil am beachd sin cho math ri Calum Ruadh.

Tha an seòrsa dhaoine sin a' cumail a mach gur e am feum as mò tha ann an ùrnuigh gu bheil i toirt cothrom do dhuine air gach ni a ta a 'cur dragh air a dhòirteadh a mach, 's mar sin gu bheil e a' faotainn fois is sith d'a anam.

Tha feadhainn eile ann a their riut nach 'eil còir agad a bhith ag iarraidh air Dia daonnan an' an ùrnuigh; gur i an ùrnuigh as fheàrr as urrainn duine chur suas ùrnuigh anns a bheil taingeachd agus moladh do Dhia air son a choibhneis agus a mhaithis d'ar taobh.

'Se ni briagh tha ann daoine a bhith a' faotainn fois agus sith le bhith ag ùrnuigh agus a bhith a' faireachadh annta féin gu bheil iad na's glaine 'nan cridhe agus na's dlùithe air Dia. 'Se nithean priseil tha an sin gun teagamh ach a bheil barrachd feuma na sin ann an ùrnuigh?

Tha iartrus na h-ùrnuigh ann an cridhe mhic an duine agus air uairibh chan urrainn e gun a bhith a' deanamh eadar-ghuidhe air son càirdean is luchd-gaol. Cò chuir an t-iartrus sin ann an cridhe an duine ach Dia féin? 'S cha bhiodh e am gun reuson air chor-eigin. Ma their sinn nach 'eil feum ann an eadar-ghuidhe tha sinn a' tachdadh spiorad na h-ùrnuigh ann an cridhe mhic an duine.

Ge b'e na beachdan a bhios aig feallsanaich agus aig daoine ionnsaichte mu dheidhinn ùrnuigh cha chòir dhuinn àite thoirt dhaibh air toiseach air teagasg Chrìosd, agus is ann air

ùghdarras-san a ta sinne ri ùrnuigh. Tha na beachdan aige-san calg dhìreach an aghaidh nam beachdan aig an fheadhainn a dh'ainmich mi. 'S e thuirt esan "Iarraibh agus gheibh sibh, siribh agus bheirear dhuibh." "Ma dh'iarras sibh ni air bith am ainm-sa ni mise e."

Thug e deagh eiseimpleir dhuinn ann an ùrnuigh an uair a thuirt e ri Peadar, "Ach ghuidh mise air do shon-sa nach diobradh do chreideamh thu." Agus nach 'eil sinn ag amharc air Crìosd féin mar aon a ta a' deanamh eadar-ghuidhe air ar son ris an Athair.

Tha iadsan a ta ag àicheadh gu bheil feum ann an eadar-ghuidhe ag ràdh gur gràdh Dia agus gu'n do rinn e na h-uile nithean air tús cho math agus a ghabhadh sin a bhith, 's nach 'eil e a nis a' dol 'gan atharrachadh air son duine sambith. A nis an nuair a bheachdaicheas tu air teagasg Chrìosd sin a' chlach-stéidh air a bheil esan a' togail mar an ceudna, gràdh Dhe. A chionn gur gràdh Dia tha e na's deise na athair air bith gu éisdeachd a thoirt d'a chloinn. Nach d'thuirt e "ma's aithne dhuibh-se ata olc tiodhlacan maithe a thoirt do bhur cloinn, nach mò na sin a bheir bhur n-Athair ata air nèamh nithean maithe dhaibhsan a dh'iarras air iad?"

Cha d' iarr Crìosd riamh air duine gun eadar-ghuidhe a dheanamh; thug e h-uile misneach

dhaibh gus an iarrtuis uile a dheanamh aith-nichte do Dhia.

So an co-dhunadh gu bheil mi tighinn, is e eadar-ghuidhe aon de na dòighean a ta aig Dia air daoine a bheannachadh. Agus feumaidh mi aideachadh gur e ni cho briagh agus cho glòrmhor 'sa tha ann am beatha mhic an duine comas a bhi aige eadar-ghuidhe dheanamh.

Smuainich air màthair air bith air a dà ghluin ri taobh a leapa a' deanamh eadar-ghuidhe ri Dia air son a mic no a h-ighinn. Am b' urrainn iad éisdeachd rithe gun a bhith a' bòideachadh 'nan cridhe nach deanadh iad ni gu bràth a chuireadh nàire air a gruaidh?

Tha iartus na h-ùrnuigh ann an cridhe mhic an duine, agus a chionn gu bheil tha còir aige an t-iartus sin a chur gu buil. Agus a chionn gur gràdh Dia éisdidh e ri ùrnuigh agus bheir e freagrachd dhith.

Tha an t-Abstol Pol ag ràdh ged chuireadh duine uime uile armachd Dhe, firinn, ceartas agus creideamh, gu bheil aon ni eile feumail fhathást, a bhith a' deanamh ùrnuigh a ghnàth leis gach uile ghné-ùrnuigh agus asluchadh 'san spiorad . . . agus guidheadh air son nan naomh uile.

IAIN MAC-A-PHEARSOIN,
TIGH-AN-UILLT.

Gliocas nan Leanaban

BHA diadhair ann uaireigin a bha ag iarraidh air Dia gun sgur ann an ùrnuigh an t-slighe a bu ghiorra gu nèamh a nochdadh dha. Là de na làithean chual e guth ag ràdh ris, "Rach gu dorus na h-eaglais agus chì thu an sin duine a bheir dhuit eòlas na slighe." Aig dorus na h-eaglais chunnaic e diol-déirce truagh, gun stiall de'n aodach air, a chasan gun bhrògan, agus fheòil làn chreuchdan. "Gu'n gleidheadh Dia thu agus gu'n deanadh e tròcair ort," ar's an diadhair. "Tha tròcair an Tighearna mòr agus maith," ar's an duine, "cha chumhne leam là nach do mheal mi a choibhneas." "Tha mi a' faicinn," ar's an diadhair, "gu bheil inntinn shona agad; gu'n tugadh Dia dhuit miann do chridhe." "Tha mise," ar's an diòl-déirce, "làn thoilichte le mo staid; is e mo shonas nach 'eil sonas a dhith orm; cha ghoir-tich mi-fhortan duine air bith ach an duine air a bheil eagal gu'm bi e air a ghortachadh. Ciamar nach bithinn sona agus cothrom agam air Dia a mholadh. Ma thig acras orm, no fuachd, no droch shìd, tha mi a' moladh an Tighearna, oir is ann bho Dhia a tha na h-uile nithean a' teachd, agus ciod air bith a thig a Dhia tha e

ceart. Co dhui a tha a fhreasdal searbh no milis tha mi a' gabhail ris mar thiodhlac bho làimh m'Athar, agus chan iarr mi ach an ni a tha Dia a' toirt dhomh. Mar so tha na h-uile nithean a' tachairt mar is àill leam."

"A bheil thu da rìreadh a' ciallachadh," ar's an diadhair, "an rud a tha thu ag ràdh; an abradh tu sin na'n tilgeadh Dia do ifreann thu?"

"Na'm b'e toil Dhe," ar's an diòl-déirce, "mise a chur do ifreann bheirinn e do ifreann còmhla rium agus an sin chailleadh ifreann eagal agus uamhas. B' fheàrr do dhuine a bhi ann an ifreann le Dia na bhi ann an nèamh as eugmhas."

Chuir briathran an duine iongantais air an diadhair, agus smuainich e ann féin gu'm b'e an t-slighe a bu ghiorra gu nèamh, an gràdh so a bhi aige do Dhia agus an ùmhlachd so d'a thoil. Thuirt e ris féin, Is e leithidean an duine so a bha aig Crìosd anns an t-sealladh an uair a thubhairt e, "Tha mi a' toirt buidheachais dhuit, O Athair, a chionn gu'n d' fhoillsich thu na nithean sin do leanaban, agus gu'n d' fholaidh thu iad o dhaoinè eagnaich."



Tha cuid de luchd-leughaidh nan duilleagan so aig nach 'eil fhios cò tha 'g an deasachadh, oir bithidh iad a' cur litrichean umpa gu Mghr Mac an Léigh, 121 Sràid Sheòrais, an Dunéideann, fear-deasachaidh an leabhair Bheurla. Tha na duilleagan Gàidhlig air chùram Dhòmhuill Mhìc Laomhinn, am Blàr Adholl, am Peairt.

Toradh na trioblaid

Tha sinn a' deanamh uail ann an trioblaidibh do bhrìgh gu bheil fios againn gu'n oibrich trioblaid foighidinn.—ROM. v. 3.

IS mór am facal e do neach air bith a ràdh gu bheil e a' deanamh uail ann an trioblaidibh, ach is fhiach do dhaoine àmhghar fhulang ma tha àmhghar ag oibreachadh anna toradh sìochail na fireantachd.

Ged nach bu duine Pol a bheireadh fhaireachduinn no intinn do eòin an adhair, cha bu nàr leis air uairean uinneagan a chridhe fhosgladh agus innseadh d'a bhràithrean ciod a dh' ionnsaich e o fhreasdal Dhe 'na bheatha féin. Fluair e a chuibrionn de thrioblaidean an t-saoghail so, ach ged ghiùlain e 'n a chorp agus 'n a spiorad comharran an Tighearn Iosa, cha do rinn e riamh gearan is cha mhò a chail e a mhiseach, oir mar bha na bliadhnan a' dol seachad bha Dia a' teagasg dha gu'm bu leòr a ghràs-san air a shon.

Cò as urrainn an duilleag a tha e a' toirt dhuinn á leabhar a bheatha (*ann an 2 Cor. xi. 24-29*) a leughadh gun a chridhe bhi goirt? Ach ged bha a bhodhig air a sàruchadh agus air a pianadh le meud fhulangais bha an duine o'n leth-a-stigh air ath-nuadhachadh o là gu là.

Cha b'ann mu thuairam, uime sin, ach o fhiosrachadh féin a thubhairt e gu'n oibrich trioblaid foighidinn. Tha am facal a chleachd Pol a' ciallachadh barrachd 's a tha sinne a' ciallachadh an diugh leis an fhacal, foighidinn; tha e a' ciallachadh *misneach* is *seasmhuchd*. Anns an litir a sgrìobh e gu Timoteus tha e ag iarraidh air Timoteus cruaidh-chàs fhulang mar dheagh shaighdear Iosa Crìosd; agus is e an spiorad sin, spiorad an t-saighdeir a sheasas ri cruadal gun mheatachadh, gun ghearan, a tha e a' ciallachadh le foighidinn.

Is e an t-aobhar gu bheil an Tiomnadh Nuadh a' deanamh uread iomraidh air na trioblaidean a tha feitheamh air slugh an Tighearna, agus a' gairm orra gun sgar a bhi seasmhach foighidinneach, gu robh e air a sgrìobhadh ann an amanna deuchainneach. A thuilleadh air na trioblaidean coitichionn d'a bheil mac an duine buailteach o bhreith gu bhàs, dh' fhuiling na ceud chreidmhibh deuchainnean is cruadal nach aithne dhuinne an diugh. Bha an saoghal uile, is cumhachdan an t-saoghail, 'n an aghaidh; dh' fhuiling iad geur-leanmhuinn is ana-cainnt; rinneadh iad mar shalchar an t-saoghail agus mar anabas nan uile nithean, is dhearbhadh iad air

an cosdus gu'm b' fhiar am facal a labhair Crìosd,—“ Anns an t-saoghal bithidh àmhghar agaibh.”

Ach bha fhios aca co ann a chreid iad, is cha do mheas iad gu'm b' airidh fulangas na h-aimsir a ta làthair a bhi air a choimeas ris a' ghlòir a bha ri teachd, oir bha sùil aca ri rioghachd shiorruidh. An àite a bhi air an tilgeil sios no bhi fo dhiùbhaill misnich dh' oibrich na deuchainnean ud foighidinn anna, air chor agus gu'n do chòmhraig iad an deagh chòmhrag mar shaighdearan cruadalach, a' sìor-mheudachadh ann an obair an Tighearna, agus a' feitheamh ri duais na fireantachd a bheil Crìosd dhaibh-san uile leis an ionmhuinn a theachd.

Ach ged chaidh làithean na geur-leanmhuinn seachad, agus ged dh' fhaodas sinne ainm an Tighearn aideachadh an diugh gun eagal ar beatha a bhi oirnn agus gun ar maoin shaoghail a chall, tha e fhathast fìor gur ann tre mhóran àmhghar a theid neach a steach do rioghachd Dhe.

*Is lionmhor trioblaid agus teinn
Thig air an fhìrean chòir;
Ach asd' air fad nì Dia nan gràs
A theasairginn fadheòidh.*

Chan 'eil am Biobull a' teagasg gu'm bi cùrsa an fhreasdail anns an t-saoghal so na's bàigheile ris an fhìrean na bhitheas e ris an aingidh. Tha na h-abstoil a' teagasg gur e an ti as ionmhuinn leis an Tighearn a smachdaicheas e; ann an samh-ladh an Fhìonain tha an Slànuighear ag ràdh nach ann idir ris a' chrìonaich no ris na geugan marbh a bheanas sgian a' ghàirnealair ach ris na geugan beò a tha tabhairt toraidh, *chum gu'n giùlain iad tulleadh toraidh*.

Bha eadhon ùghdar ar slàinte air a dheanamh foirfe tre fhulangas, is feumaidh na deisciobuil imeachd air a cheart shlighe air an d' imich an Maighstir. Is e a' chrìoch a tha aig gach duileadas agus gach freasdal searbh a thachras air a' Chrìosduidh a chreideamh a dhearbhadh agus a dhòchas ann an Dia ùrachadh, agus inn-tinn a tharruing air falbh o nithean faicsinneach gus na nithean a ta sìorruidh. Chan fhaighear smior a' chruithneachd gus am bi an t-arbhar air a bhualadh, is air a chrìaradh, is air a ghlannadh; agus faodar a ràdh gur e bròn is trioblaid is

deuchainn na meadhonnan sònraichte a tha Dia a' cleachdadh chum smior a' chruithneachd a dhealachadh o'n mholl ann am beatha a shluaigh. Nach bu chòir, ma ta, gu'n oibriceadh an smuain so foighidinn is misneach annta-san air a bheil buillean an Tighearn a' tuiteam, do bhrìgh gu bheil e a' buntainn rin mar chloinn!

Tha trioblaidean ar beatha a' teagasg dhuinn iomadh ni nach tuigeadh air dhòigh eile. Is e so a bha an salmair a' ciallachadh an uair a thubhairt e, Is maith dhòmh-sa gu robh mi ann an àmhghar, *chum gu'm foghlumainn do reachdan*. Tha iomadh facal ann an leabhar Dhe nach tuigear ach leò-san a tha eòlach air bròn, agus iomadh maise ann an nàdur na Diadhachd nach fhaicear ach le sùilean anns a bheil deòir. Ged nach 'eil smachdachadh, am feadh a tha e a làthair, sòlasach ach doilghiosach, gidheadh tha e dhaibh-san a ghiùlaineas e gu faighidinn each agus gu diadhaidh 'na iuchair a dh' fhosglas na seòmraichean as maisiche ann an tigh Dhe.

Chan 'eil Dia aig àm air bith cho dlùth d'a shluaigh 's a tha e ann an là na trioblaid; anns an là sin tha e da rìreadh 'n a sheasamh aig an doras agus a' bualadh. Tha e 'g an tarruing le còrdaibh a ghràidh, ag iarraidh orra an taic a leigeil ris féin, agus is ann dhaibh-san a leigeas an taic air Dia le earbsa làidir a bhios an gealadh air a choimhlionadh, *An uair a théid thu troimh na h-uisgeachan bidh mise maille riut*. Tha ainglean Dhe a' tighinn gu dorsan dhaoiné air uairean ann an cruth eagalach, ach is fhiach ainglean Dhe aoigheachd a thoirt dhaibh, ge b'e cruth anns an tig iad, oir beannaichidh iad an fhàrdach anns an cuir iad seachd oidheche.

Chan 'eil ar trioblaidean a' tighinn thugainn gun fhios do Dhia, agus cha tigeadh iad idir mur biodh feum orra. "Deanaibh gairdeachas," ars' an t-abstol Seumas, "an uair a thuiteas sibh ann

an iomadh gné dheuchainnean, air dhuibh fios a bhì agaibh gu'n oibrich dearbhadh bhur creidimh fosghidinn." Is teagasg àrd so, da rìreadh; ach is fhiach do dhuine dol troimh mhóran dheuchainnean, agus eadhon a chridhe bhì air a bhriseadh, ma tha sin 'g a thoirt na's dlùithe do Dhia.

Na's dlùith', mo Dhia, dhuit féin!

Na's dlùith' dhuit féin!

Ged b'ann a thogteadh mi

Tre chrois is péin,

Gidheadh b'e so mo laoidh—

Na's dlùith do m' Dhia, na's dlùith',

Do m' Dhia na's dlùith'!

An sin 'n uair dhùisginn suas

Le d' chliù 'ga luaidh,

Thogainn mo Bhetel àrd

Air stéidh mo thruaigh',

Air ghaol troimh bhron' s troimh chaoidh,

Bhì teachd do m' Dhia na's dlùith',

Do m' Dhia na's dlùith'!

Ciod, ma ta, is urrainn sinn a ràdh riù-san a tha fulang pian cuirp, no àmhghar inntinn, no bròn cridhe, ach a bhì fo dheagh mhisnich a chionn gu bheil Dia a' buntainn riu mar chloinn. Tionndaidhidh a' ghucag shearbh gu mìlseachd ma ghabhas iad rithe le faighidinn is ciùine. An uair a dh' fhàsas daoine gearanach is ceannaireach is as-creidmheach fo smachdachadh an Tighearna tha iad a' dùblachadh an doilghios, agus is culaidh-thruais iadsan a tha fulang trioblaid *gun a toradh*.

Tha Dia ceart 'n a uile shlighean agus naomh 'n a uile ghnìomharan; tràcaireach is caomhail is glie eadhon an uair a chuireas e crois 'n ar caraibh, agus gun fhios againn car son. Sin an creideamh a dh' oibriceas annta-san aig a bheil e foighidinn dhiadhaidh.

Greusaiche Chille-sgumain

"**C**IA meud a bha anns a' choinneamh an Craoir?"

"Bha mu dheich air fhichead innte *agus an greusaiche*," ars' am foirbheach.

Cha bu tric leis a' ghreusaiche dol ann an gaith na coinnimh, ach chan ann 'g a thilgeil sin air a tha mise an tràth-sa; tha mi a' cur sìos freagairt an fhoirbheich air an duilleig so a chionn gu'n innis e dluit na's fheàrr agus na's giorra na b' urrainn mise a dheanamh nach bu duine cumanta a bha anns a' ghreusaiche. An uair a rachadh muinntir Chille-sgumain gu àir-eamh cheann, aig eaglais no féill, aig tòrradh no banais, bha an greusaiche daonnan air a chur air leth o chàch, comharradh cinnteach gu robh rud-eigin ann a bha 'g a shònruachadh a mach o dhaoiné eile a ghabhadh cur air an aon ghad.

Bha sin ann, mar a tha mi dol a dh' innseadh dhuit.

B' aithne dhomh e mar nach b' aithne do mhóran. Is iomadh latha a shuidh mi fad an fheasgair air callaig anns an tigh-ghreusachd aige, agus sinn le chéile a' cnuasachadh air nithean a dh'fhaodadh agus nach faodadh an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., a chluinntinn. Bha e anabarrach gaolach air seachas, agus an uair a gheibheadh e greim air duine a shaoileadh e a bha tùrail agus ris am faodadh e inntinn a leigeil gu saor, bu choma leis ged nach rachadh iall ann am bròg an latha sin. Bu chiar leis ràbhart no goileamas dhaoiné gun tìr, agus na'n tachradh gu'm biodh an tigh-ghreusachd làn, rachadh a' ghlas-ghuib air anns a' mhionaid; ach faigheadh e duine ciallach no dithis a bu

toigh leis, agus b'fheàrr dhuit leth-uair de shean-chas a' ghreusaiche na Sàbaid fhada de 'n mhìnistir, ged nach maith a thig e dhòmhsa sin a ràdh. Oir bha e 'na dhuine glic, agus bha inn-tinn a' meòhrachadh gun sgur air nithean dìomhair is domhain do nach 'eil suim sam bith aig a' mhòr-chuideachd. Cha robh a bheachdan air iomadh rud a' comh-chòrdadh uile gu léir ri beachdan an fhoirbhich, ach ged nach robh muinntir Chille-sgumain an dùil gu robh comharra nan caorach air a' ghreusaiche cha mhò a bha iad an dùil gu robh comharra nan gobhar air. Cha robh fhios aca gu ro mhaith ciod a theireadh iad ris, agus mu dheireadh, chuir iad ann an crò dha fhéin e, agus theireadh iad ris, *duine maith ach duine neònach*.

Aon rud neònach a bha anns a' ghreusaiche, gu 'm bu ghasda leis dùil a bhì aig daoine gu robh a chridhe na bu chruaidhe na bha e. Am bitheantas cha mhìsd le daoine beachd as fheàrr a bhì aig an t-saoghal orra na tha iad àiridh air, ach cha b'è sin dhàsan. Bhruidhneadh e riut mar fheallsanach a bha sealltainn air a chreutairean mar nach robh anna ach fionnain-fheòir shuarach, nach b' fhiach gràdh no coibhneas a chosd orra, ach a dh' aindeoin sin uile bha a chridhe cho blàth ri cridhe màthar, agus thigeadh an déire o làimh cho cinnteach ri éirigh is luidhe na gréine.

Là a bha am foirbheach anns a' bhùth aige agus e feitheamh ri brògan air an robh an greusaiche a' cur gheàrr-bhonn dha, thuirt e ris, "Is e an duine glic an duine a lìonas a bhrù fhéin agus a chuireas air an spàrr na tha bharrachd aige; ma chi thusa, a Dhonnachaidh, duine 'na éiginn dean ùrnuigh air a shon ach na toir dha dad; tha gu leòir do dhuine a thrioblaidean féin a ghiùlan gun trioblaidean dhaoine eile a chur air amhaich." Bha an greusaiche a' dol air aghaidh anns an dòigh so, agus fuil an fhoirbhich a' fàs fuar 'na chuislean ri leithid de theagasg, an uair a chual iad glaodh leinibh ann an seòmar beag a bha air chùl a' bhùtha. Leum an greusaiche air a bhonnan agus a steach e 'na ruith do 'n t-seòmar, agus an uair a lean am fear eile e ann an ceann greis feuch ciod a bha ceàrr, faicear an greusaiche agus leanabh air a ghlùin, agus e a' seinn crònain dhi.

Dean ba-ba mo leanabh
 Déan cadal a ruin
 'S a' mhaduinn gu moch thràth,
 Dh' fhosgail do shùil—
 Dean ba-ba mo leanabh
 Dean cadal a ruin.

Chaidil am pàisde a ris agus leag e i gu comhail anns a' leabaidh. Cò bha so ach leanabh ceaird a thug e o màthair anns a' mhaduinn, agus a' bhana-cheard air an daoraich, los cùram a ghabhail dhi. "Dia a thoirt maitheanas dhomh," ars' am foirbheach, "chunna mise agus iomadh duine eile ann an Cille-sgumain cor

na ban-cheaird aig ar dorsan anns a' mhaduinn, agus leig sinn a siubhal leatha, ach rinn an greusaiche gnìomh a' Chrìosduidh, a dh' aindeoin na bhios e ag ràdh. *Duine neònach!*"

Air uairean bheireadh e a bheachdan dhomh air obair na h-eaglais agus teagasg a' Bhiobuill, agus eo dhiù a chòrdamaid umpa no nach còrdadh, bha e furasda fhaicinn gu robh e mìon-eòlach anns an fhirinn agus gu robh gaol aig air facal Dhé. Co dhiù, air cuid dheth, oir bhiodh e ag ràdh rium gu robh leabhraichean de 'n Bhiobuill air nach do sheall e o chionn fichead bliadhna. "Chan e," ars' esan, "gu bheil dad agam 'nan aghaidh ach cha d'fhuair mi riamh rud a b' fhiach anna." Rud a bha glé iongantach, ged theireadh daoine eile gu 'm b' ann de sheòrsa an abstoil Seumas e fhéin, cha bu toigh leis Seumas idir. "Duine dona gun sùilean," a theireadh e ris, "daor Iudhach." Ged bha meas mòr aig air Pol cha robh e deas gu rud neo-choltach a ghabhail air ùghdarras Phoil mur robh e soilleir d'a innntinn féin, agus aon latha thuirt e rium, "Bidh sgoilearan a' sgrìobadh 's a' sgròbadh na Greugais feuch an dean iad a mach ciod a tha Pol a' ciallachadh anns an rann ud agus anns an rann ud eile, ach an d' thàinig e riamh a steach ort gu 'm faod e blith gu 'n d' thuirt Pol iomadh rud nach robh fhios aige fhéin ro mhaith ciod a bha e ciallachadh?" "Ud, ud," arsa mise, "bha dùil agam gu robh barail a b' fheàrr na sin agaibh air Pol." "Tha barail gun taing agam-sa air Pol," ars' esan, "is ann agam a tha, ach tha fhios agam gu 'm bì corra rud a' tuiteam o m' bhilean fhéin an uair a théid mi ann an teas seanchais nach 'eil air a chur ann an òrdugh ceart, agus ris nach b' urrainn mi seasamh gu daingean na 'm bithim air mo cheasnachadh, agus cha bu chuiream sam bith e ann an Pol ged bhiodh a' cheart ni fìor uime-san. An uair a chluinneas mi ministearan a' feuchainn ri Pol a mìneachadh ann an àitean sònruichte d'a litrichean, agus gun fhios aca air an t-saoghal ciod a tha e ciallachadh, no ciod a thug air taruing a thuirt air iomadh rud air an d' thug e tarruing, bidh e a' tighinn a steach orm gu 'n deanadh Pol còir gàire na 'n cluinneadh e iad agus gu 'n abradh e, O, na stalcairean! a' cosd ùine air rud anns nach 'eil bun no bàrr, an uair a dh' fhaodadh iad a bhì toirt aire do na fìrinnan cudthromach a sgrìobh mi."

Mar sin rachadh an greusaiche air aghaidh mu Phoil, ach cuireadh duine eile corrag air agus dh' atharraicheadh e port gu luath.

Thachair gu robh oileanach òg a' searmonachadh uair-eigin ann an Cille-sgumain, agus am measg gach fiosrachadh neònach eile a thug e seachad, dh' innis e dhaibh gu robh neasgaidean air stamaig Phoil. Cha do chòrd an rud idir ris a' ghreusaiche, agus is e thubhairt e an dèidh làimhe, "An creutair grannda, ma bha sin air an duine bheannaichte dh'

fhaodadh esan a chumail aige fhéin ; an guirean mosach."

Ged nach saoilleadh duine e, b'é Eoin am fear a bu docha leis uile gu léir de na h-abstoil, agus cha chuala mi riamh e a' cur an aghaidh briathran no beachdan Eoin. Aon latha thuir mi ris gu robh so a' cur ioghnaidh orm, "Ioghnaidh ort," ars' esan, "car son a chuireadh ; an e gu 'n gabhainn-sa orm féin gnothuch a ghabhail ri duine mu 'm bheil e sgrìobhta gu 'm b' ionmhuinn le Iosa e ? B' ionnan sin is coire fhaotainn do 'n Mhaighstir chaomh féin, agus cha dùth dhuinn argumaid a dheanamh ris-san.

Tha mise glé chinnteach nach robh duine eile anns an sgìreachd a bu déine agus a bu dùrachdaiche agus a b' irisle ann an aoradh a Thighearna ann an uaigneas na 'n greusaiche, ach bha e fìor ghaolach air argumaid, agus air sgàth argumaid dh' abradh e air uairean nithean a bha glé neònach ann an cluasan feadhach nach robh 'g a thuigsinn, nithean a bheireadh dhaibh beachd ceàrr air an duine laghach, oir bha e da rìreadh 'na dhuine maith agus 'na dhuine tùrail. Ach dheanadh e argumaid ri fhaileas ; an uair nach biodh duine aige ris an connsaicheadh e bhiodh e a' bruidhinn ris fhéin agus a' càineadh Sholaimh.

Dh' fhairtlich orm riamh aon fhacal maith fhaotainn bhuaith mu Sholaimh. "Duine gun choguis," theireadh e ris, "amadàn cho mhór 's a bha riamh air an t-saoghal." Cha b' urrainn dha a thuigsinn ciamar a fhuair Solaimh cliù a' ghliocas, no ciod an dalladh a bha air sùilean dhaoine a bha saoil sinn gu'm bu rìgh glòrmhor no glìc e.

Aon latha dh' fheuch mi ri taobh Sholaimh a sheasamh agus a ghliocas fhìreanachadh, ach b'é

sin dhòmhsa an diomhanas. "Bha trealaich de fhiosrachadh aige gun teagamh," ars' an greusaiche, "sean-fhacail, is tomhseachain, is sguinn òran, is eòlas mu eòin, agus mu chraobhan, agus mu 'n t-sid, ach a thaobh eadhon nan gnoth-uichean beaga suarach sin, cha tigeadh e ann an uisge na stiùrach aig an Dotair Stiùbhard a bha ann an Lochabar."

Cha robh an greusaiche pòsda riamh, agus coltach ri iomadh seann fhleasgach, cha robh tlachd an t-sàmhradh aige do bhoirionnaich ; bha amharus agam gur e mnathan Sholaimh a chuir uiread gràin a bhi aige air an rìgh. Cha do theòigh a chridhe riamh ri duine air bith anns an robh buige a thaobh bhoirionnach. Bha e fhéin cho beusach ri maighdinn, agus ged bha fhios agam nach bu toigh leis nam mnathan cha chuala mi riamh e ag ràdh facal ceàrr umpa. An aon fhacal a bu mhiosa a chuala mi e ag ràdh, b' ann mu dhachaidh Sholaimh, agus mise air bruidhinn air a thigh mar lùchairt mhaisich. "B' fheàrr dhuit," ars' esan, "fail nam muc a ràdh rithe ; is cùbhraidh seasair mo bhòthan laghach seach lùchairt an amadain mhóir."

Cha bheò an greusaiche an diugh. Thàinig am bàs air mar bu mhaith leis, 'na shuidhe air an fhrum agus an car 'na làimh. Bliadhnachan mu 'n d' thàinig ' chrioach air dh' iarr e orm a ghealltainn dha gu 'n deanainn an t-seirbhis aig an uaigh, agus chuir e tri cumhachan orm aig an àm ; caibideal shònruichte ann an soisgeul Eoin a leughadh os a chionn ; uaigh ùr a chladhach dha far nach ruigeadh cnàmhan salach bhan air ; agus am Biobull beag a bha 'na chompanach dha air thalamh a chur ri thaobh innte. Duine neònach, ach ma bha e neònach, bu toigh leam e, oir bha inntinn fhrinneach is cridhe glan aige.

Annas a' Chathair

ANN an toiseach na h-oidhche bha mi a' leughadh leabhair air a bheil an t-ainm, *Riaghailt na Slàinte*, an Gàidhlig ; no *Regimen Sanitatis*, an Laidionn ; leabhar beag a bha air a chur a mach ann an 1911 leis an fhear nach maireann, an Dotair H. Camshron MacGhill-Iosa. Cha b'é an Dotair fhéin a sgrìobh an leabhar ; bha e air a sgrìobhadh o chionn nan ceudan bliadhna, ach cò air bith a chuir ri chèile e, tha e coltach gu'm buineadh e aig aon àm do Eòin Mac Bheatha, fear de'n teaghlach ainmeil sin a bha 'n an lighichean an lè, am Muile, agus anns an eilean Sgitheanach.

B' ann an lè a thog an teaghlach so a cheann an toiseach ; bha iad fad iomadh gineal 'n an dotairean aig Clann Dòmhuill, Tighearnan nan Eileanan, ach á lè sgaoil iad an sgiathan is chaidh cuid dhiubh do Mhuile, do Uidhist, agus do'n eilean Sgitheanach, is eadhon cho fada mu thuath ri Cataibh. Theriear riu mar is trice,

Peutonaich, ach chan 'eil an sin ach cumadh is dreach na Laidionn air an ainm *Mac Bheatha*.

Bha na dotairean so 'n an sgoilearan barraichte cho mhaith ri bhi 'n an lighichean ainmeil ; is theagamh gur e an sgoilearachd a chuir air thoiseach iad air dotairean eile an sgìl, oir bha iad a' cruinneachadh eòlais gun sgar á leabhraichean nan lighichean Greugach, Hippocrate, is Galen ; agus a' sgrìobhadh gach rud feumail no iongantach a gheibheadh iad anns na leabhraichean sin ann an leabhraichean beaga dhaibh féin, is bha na leabhraichean sin air an toirt do'n mhac leis an athair, agus do'n ogha is do'n iar-ogha 'na dhéidh.

Is e fear de na leabhraichean beaga sin a fhuair an Dotair Camshron MacGhill-Iosa anns a' Mhuseum Bhreatunnach, ach ged nach 'eil eòlas ann nach 'eil aig dotairean an là diugh, tha iomadh treathlaich bheag eile ann, gu sònraichte

seann fhacail Ghàidhlig, as fhiach a chumail air chuimhne.

Tha na dotairean cho gaolach air a bhi anns an fhasan ris na boirionnaich fhéin; aon uair is e am fasan aca iarraidh ort ubhal itheadh anns a' mhaduinn is té eile anns an fheasgar; uair eile chan fhàg iad duine anns an sgìreachd gun na faclan a thoirt asda; is air an ath turas chan fhàg iad duine anns an sgìreachd gun an abeandac a thoirt asda. B'aithne do'n fhear a sgrìobh an leabhar so gu bheil àm ann gu ùbhlán a sheachnadh cho mhaith ri àm gu ùbhlán itheadh, is tha e ag innseadh gu'n d'thubhairt Galen (fear de na lighichean Greugach a b'ainmeile) gu'n do ráinig 'athair ceud bliadhna a dh'aois, agus gu'm b'e an t-aobhar air sin nach biodh e ag itheadh *mheasan*.

Faodar am meas a bha aige air Hippocrates a thuigsinn o'n aon fhacal so, *Iuchair gach uile eòlais Ipcras*. So an t-Ollamh agus an léigh a b' ainmeile anns an t-seann t-saoghal; ceithir cheud gu leth bliadhna roimh là Chrìosd. Sgrìobh e suas ri trì fichead leabhar, is bha na leabhraichean sin air an tionndadh gu iomadh cànan, air chor agus gu robh dotairean eile air feadh an t-saoghail a leigheas dhaoine le sgil is riaghailtean Ipcrais, fad iomadh linn.

Bha na seann lighichean gaolach air a bhi leigeil fala á daoine, ach tha mi an dùil gu'm b' fheàrr leam cupan fala a bhi air a leigeil asam seach cuid de na cungaidhean oillteil aca a ghabhail. Ann am baile Dhunéideann, àrd bhaile na dotaireachd, so na stuthannan as am bitheadh na lighichean a' deanamh chun-gaidhean aon uair; eanchainn nathrach, mionach figheadair; glothagaich is seangain, geir ghobhar is fuil mhuc, losgannan is seilcheagan, salchar each is chalman is pheucagan, daolagan is cnuimheagan, is burraghlas eile de'n t-seòrsa sin. B'e an leigheas a bha aca airson caithimh, "seilcheag air a bruich ann am bainne," agus air son na buidhich, "baoiteagan air an ròstadh is air am measgadh le luibhean searbhà."

Ach rud glé neònach, bha na stuthannan sin a leigheas dhaoine a cheart cho mhaith 's a tha na stuthannan a bhios dotairean a' toirt dhuinn an diugh fo ainmean eile. Na'n tugadh tu bocsa phileachan do dhuine agus innseadh dha gur e mionach seilcheig a bha anna air a mheasgadh ri blonaig cait, bhiodh cunnart ann gu'n gabhadh e an galair-buidhe, a thuilleadh air rud air bith a bha ceàrr air cheana, ach na'n tugadh tu dha a' cheart bhocsa agus so air a sgrìobhadh air,

Quinia Sulph.	gr. j
Tinct. Calumbae	f. ʒi
Acid. Sulph. Dilut	m.x.
Syrup Aurant	f. ʒiiss
Infus. Calumbae	ad f. ʒj

theagamh gu'n deanadh e feum anabarrach dha. Bha mòran de na seann daoine anns a' Ghàidhealtachd a' creidsinn gu bheil lus a' fàs anns an

talamh air son gach galair d'a bheil mac an duine buailteach; deanntag is sealbhag, biolair is bealaidh, lus nan cluas is lus nan cnàmh, cluas liath is lus a' chraois,—bha iad a' creidsinn gu robh a buaidh-leighis féin aig gach aon dhiubh.

*Is leigheas air gach tinn
Creamh is im a' Mhàigh.*

Bha fear anns na h-Earadh a bhiodh a' faicinn thamhasg is uamhasan eile anns an oidhche. Chomhairlich duine no bean ghlic air chor-eigin dha *cala-bhì* fhuagheal r'a léine, is chan fhaca e tamhasg riann tuilleadh. Theirear gu bitheanta lus Chaluum-chille ris an *cala-bhì*, oir b'e so roghainn Chaluum-chille am measg uile lusan na talmhainn.

Bha seana mhnathan anns a' Ghàidhealtachd a' creidsinn nach gabhadh rud a b' fheàrr a thoirt do leanabh an déidh a bhreith na sùgh an uinnsinn. Ma chuir nathair a faclan ann am feòil duine, b'e an leigheas a bha aca, duilleagan is bàrr an uinnsinn a shuathadh ris an lot. Cha toigh leis an nathair an t-uinnseann; tha an sean-fhacal ag ràdh,

Théid an nathair troimh theine dearg

Mu'n téid i troimh dhuilleach an uinnsinn.

Ann an leabhar Ecclesiastes tha an searmonaiche ag ràdh, Anns a' mhaduinn cuir do shìol, anns an fheasgar na toir air do làmh sgur; oir *chan 'eil fhios agad co dhiu is fheàrr a shoirbhicheas so no sud, no am bi iad le chèile co mhaith*. Sin mar tha na dotairean; glé bhitheanta chan 'eil fhios aca co dhiu is fheàrr a shoirbhicheas so no sud; mar sin feumaidh iad an dicheall a dheanamh agus leantail orra, a' dòrtadh stuthannan neònach ann an cuirp an co-chreutairean, an dòchas gu'n dean so feum mur do rinn sud. Bhiodh ealadhain na dotaireachd na b' fhasa, agus na b' aotruime air coguisan maoth, na'm freagradh an aon ni air dà dhuine air a bheil an aon ghalair, no anns a bheil an aon seòrsa gaoid. Tha fhios aig an dotair a bha ann an sgoil Ipcrais nach freagar; chan ionnsaich cuid eile dhiubh gu bràth e.

Anns an leabhar a sgrìobh Màrtainn Mac Mhàrtainn mu'n Ghàidhealtachd ann an 1703, tha e ag innseadh mu'n dòigh a bhiodh Iain Caimbeul, ciobair anns na h-Earadh, a' gabhail air a chnatan an uair a thigeadh e air. Rachadh e mach anns an fhairge a dh' ionnsuidh na h-amhach; an sin rachadh e do'n leabaidh gun aodach a chur dheth; chuireadh e dheth fallus mar gu'm biodh atha-cheilpe, agus am maireach cha bhiodh casd no cnatan aige. Ach cha bu mhaith leam iarraidh air Hearaich eile dòigh Iain a ghabhail; na'n gabhadh, theagamh gu'm b'e cladh Chliamain an ceann-uidhe.

Bha an leigheas a bha aig na seann daoine air a' ghalair-bhuidhe a cheart cho gàbhaidh ri leigheas Iain Chaimbeil air a' chnatan. Rùis-geadh iad an duine tinn, is thilgeadh iad m'a

cheann agus m'a choluinn soitheach an déidh soitich de shàile fuar. Chunnaic mise an leigheas so air fheuchainn aon uair, ach mur do leighis e, gu fortanach cha do mharbh e co dhiù.

Ann an Uidhist b'e an leigheas a bha aca air an lònidh blonag bun-bhuachaille a shuathadh ris a' ghoirt; thatar ag ràdh gu bheil saill an eòin sin fada na's fheàrr air son chreuchd na saill eòin eile. Theagamh gur e an t-aobhar, gu bheil am bun-bhuachaille duilich a ghlacadh.

B'e an seann leigheas air an triuthaich bainne capuill òl á spàinn chrithinn. Ma chreidear cuid de na facail a bha aig na seann daoine tha éifeachd ann am bainne ghobhar nach 'eil ann

am bainne cruidd. Uair-eigin de'n t-saoghal bhiodh daoine a' dol a dh' aon ghnòthuch gu Ionar-pheotharain a dh' òl bainne ghobhar mar a bhios iad a' dol ann an diugh a dh' òl uisge an iarainn. Anns na làithean ud dh' fheumadh lethsgèul maith a bhi aig a' mhinistir nach biodh a làthair aig coinneamh na Cléire; b'e sud aon de na lethsgèulan a bha air an cumntas cothromach, gu robh e an Ionar-pheotharain a' gabhail bainne ghobhar.

Ach ged tha luibh ann air son gach tinneis chan 'eil leigheas ann do'n aog.

*Chan 'eil easlaint gun iocshlaint,
Ach chan 'eil tilleadh air an aog.*

Dòmhuil Bàn

ANNS an linn a chaidh seachad bha duine còir Ann an sgìre Thunga do'm b'ainm Dòmhuil Macaoidh. 'Nuair a bha e òg, thog e air agus dh'fhalbh e gu Lunnainn far an robh e 'n a pholise. Dh'fhan e anns an dreuchd sin gus an d'ràinig e aois gu a cuir dheth. An sin thàinig e dhachaidh gu bhì a' caitheamh feasgar a là anns a' ghleann 's an robh e òg.

Riamh 'n a dhuine glic, thàinig e gu bhì 'n a dhuine soilleir ann am beatha na diadhaidh-eachd. Dh'fhàg e Lunnainn le cliù maith. Bha e glé mheasail air a' chloinn bhig, agus bha iadsan glé mheasail air. Shealladh am màthraichean a mach air na h-uinneagan, agus ma bha Dòmhuil 's an t-stràid bhiodh iadsan gun chùram.

'Nuair a phill Dòmhuil dhachaidh b'e an t-Urramach Iain Ros MacNéill a bha 'n a mhinisteir ann an Eaglais Shaor na sgìre. Chuir am ministear furan air Dòmhuil, agus chuir Dòmhuil urram air a' mhinisteir. Bha e làn creidimh agus eud gu bhì neartachadh a' chothionail agus làmhnan a' mhinisteir. Bha e fuireach ann am baile Thòrasdaill, thairis air còig mìle bhò'n eaglais, ach cha robh a shuidheachan riamh falamh agus an comas aige.

Turus a thàinig e gus a' choinneamh-ùrnuigh air a' cheud Di-luain de'n mhìos, agus an là air leth frasach fuar, thubhairt am ministear gu robh e duilich gu'n d'fhàinig e mach air a lethid de là. Fhreagair Dòmhuil "Nach maith nach e teine agus pronnuc a bha e a' frasadh oirnn?"

Air turus eile bha e fada gun tighinn. Bha a' choinneamh gu bhì air a co-dhunadh. Thuir neach-éigin ris gu'm bu bhochd e bhì cho fadalach. "Seadh," ars esan, "ach choisichinnsa còig mìle air son còig mionaidean fhaotainn ann an cùirtibh a thighe."

Air dha bhì labhairt ris a' cheist thuir e, "Chuala mise *Spurgeon, Talmage, Iain Mòr MacNéill*, ach b'fheàrr leam éisdeachd ri Mgr MacNéill còir againn fhéin na ri gin diubh."

B'abhaist dha bonnach arain coirce a bhì 'n

a phòcaid gach Sàbaid; agus air an t-slighe dhachaidh bheireadh e mìr do neach air bith a bhiodh a' gabhail na slighe leis. Bhiodh an ceann-teagasg, cinn na searmoin, agus notaichean as an t-searmoin, agus geinnean de'n aran choirce air an cnàmh cuideachd gus an ruigeadh iad dhachaidh gun ghuth air sgìos no fadal.

Air dha a bhi bochd dh'fhaighnich a bhean am biodh e air son gu'n tigeadh am ministear gu ùrnuigh a dheanamh ri thaobh. "Gu dearbh chan 'eil," ars esan, "bithidh ùrnuigh a' mhinisteir a cheart cho éifeachdach 'n a sheòmar fhéin agus a bhiodh i 'n a mo sheòmar-sa; ach innsibh dha gu bheil mi tinn." 'Nuair a chual am ministear an teachdaireachd chaidh e a thaghal air Dòmhuil. Bha e a' fulang le pian anabarrach ann am buinn a chasan. Bhatar a' cumail phlàsdan riu gu saorsa thoirt dha. 'Nuair a chrìochnaich am ministear an ùrnuigh thuir Dòmhuil: "Is sibh a thug an t-saorsa dhòmhsa. Thug bhuir n-ùrnuigh faothachadh do m'anam mar tha na plàsdan a' toirt do mo bhuinn."

Cha bu toigh leis idir a bhi cluinntinn muinntir gun fhiosrachadh spioradail a' labhairt mu nithe cràbhaidh. Bha e iartanach facal a dhùisgeadh gu tuigse agus gu cùram a labhairt ann an éisdeachd an lethid sin. Air dha bhì tighinn suas gu dorus na h-eaglais air maduinn bhreagh shàmhradh thàinig prasgan sluaigh a bha mu'n dorus a chuir furan air: "Cionnus a tha sibh?" "Tha mise," ars esan, "glé choltach ris na h-òighean amaidheach, a' dol 's a' tighinn mar so a réir a' chleachdaidh, le mo lòchran a' dol as agus mo shoitheach falamh."

Is gnàth le daoine an bàs a chuir uatha fhéin. Tha na h-uile bàsmhor ach iad fhéin. Bha Dòmhuil aig tiodhlaiceadh, agus air do'n t-sluagh a bhi tionndadh air falbh bhò'n chladh, thuir neach dhiubh, "Chan 'eil fhios cò an ath fhear." "Tha fios mhaith agam-sa nach e Dòmhuil Bàn," ars esan, gun sealltainn as a dhéidh.

ALASDAIR MACRATH, TUNGA.

Caraid na Cloinne

CHAN 'eil e idir iongantach gu robh cridhe an t-Slànuighir an ceangal ris a' chloinn, oir dh' fhuiling cuid dhiubh am bàs air a shon-san m' an d' fhuiling esan am bàs air an son-san ; na pàisdean neo-chiontach a mharbh Herod. Faodar a bhi cinnteach gu'n d' innis Muire a mhàthair an naigheachd bhrònach so dha, fichead is fichead uair, anns na feasgair agus e aice air a glùin. Agus bho 'n cheud là a chual e an naigheachd sin, agus a chual e 'n a chadal gaor nam ban, agus iad a' gul air son nam pàisdean a bha air an cur gu bàs 'n a àite-san, bu dùth gu'm biodh taobh bhlàth aig Iosa ri clann an t-saoghail, agus gu'n éireadh an smuain 'n a chridhe gu'n tagradh e an cùis gu bràth.

Tha gu leòir de dhaoine anns an dùthaich an diugh a' feuchainn ris a' chloinn a thoirt gu Iosa ; ministearan, is maighstirean-sgoile, is luchd-teagaisg anns a' sgoil-Shàbaid ; ach buinidh an obair so do na pàrantan gu sòn-ruichte, agus mur dean iadsan an dleasdanas cha bhi an obair ach air a leth-dheanamh. Do phàrantan aig a bheil gaol air an cloinn cha bu chòir gu'm biodh e 'n a uallach dhaibh feuchainn ri cridheachan an cloinne a chosnadh do Dhia ; cha bu chòir daibh a bhi riarachichte, no fois a ghabhail, gus am faic iad an clann air an toirt a steach d' a rìoghachd. Sgrìobh ministear Gàidhealach uaireigin gu ministear eile mar so, " Tha naigheachd mhaith agam dhuit air an t-seachduin so, agus tha mi a nis cho sona ri duine air thalamh, oir-chunnaic mi an t-aon mu dheireadh d' am theaghlach air iompachadh."

B'e sud naigheachd mhòr is naigheachd mhaith da-rìreadh ; ach ged is brònach an rud e r'a radh, gidheadh tha e fìor, gu bheil mòran de phàrantan cho saoghalta 's gu'm b' fheàrr leò a chluinntinn gu'n d' fhuair am mac posta maith anns an tigh-chuspainn, agus tuarasdail mòr, na gu'n d' fhuair e saobhbhas air nèamh.

Gabhaidh clann an cosnadh do Chrìosd cho mhaith ris na daoine móra. 'N an dòigh leanabail laghach fhéin théid aca air gaol a thoirt dha na's cinntiche na daoine a tha an cridheachan air an cruadhachadh le peacadh ; théid aca air an cridheachan a thoirt dha mar a tha iad 'g an toirt d' am màthraichean cheana. Agus nach e sin an stéidh cheart air son na diadhaidheachd, aràon anns an òg agus anns an aosda, gràdh a bhi aca do'n t-Slànuighear !

Gun teagamh tha mòran anns an diadhaidheachd nach urrainn dhaibh fhathast a thuigsinn, ach air a shon sin, rud air bith nach tuig clann faodaidh tu a bhi cinnteach nach e sin cridhe na diadhaidheachd. Chan 'eil an deasbud agus an teangaireachd agus an reusanachadh mu phuigean creidimh a chòrdas ri daoine mòra ach glé

bhitheanta 'g an toirt na's fhaide agus na's fhaide air falbh bho Chrìosd. Chan 'eil uigh air bith aig a' chloinn anns na nithean sin, is fàsaidh iad sgèith dhiubh glé luath ma thòisicheas tu air bruidhinn riu umpa ; ach tog suas Iosa mu choinneamh an sùl, mar bha e ann an làithean fheòla, agus chan fhàs iad sgèith dhethsan. Chi iad maise a naomhachd a cheart cho mhaith ris na daoine móra, agus gabhaidh iad gaol air.

Ma their duine air bith ruibhse, aithrichean agus a mhàthraichean a leughas an duilleig so, nach h-urrainn clann òg roghainn a dheanamh, no gnothuch anama a dheanamh ri Dia ann an da-rìreadh, na creidibh e. Thug Iain Knox comanachadh do bhalach nach robh ach dà bhliadhna dheug. Cha robh Polycarp, duine naomh a bha 'na Easbuig ann an Smirna, ach naoi bliadhna 'n uair a rinn e suas inntinn Chrìosd a leantuinn. Ghléidh e na bòidean a dh' ioc e do Dhia 'n a bhalach gu dìleas gus an là anns an d' fhuiling e bàs air sgàth a chreidimh. An uair a thairgeadh a shaorsa dha, na'm mallaicheadh e ainm naomh an t-Slànuighir, is e so a thubhairt e, " Tha sé agus ceithir fichead bliadhna bho thòisich mi air seirbhis a dheanamh dha, agus riamh cha do thréig e mi ; car son a mhallaichinn ainm ? " Bha Matthew Henry, seann sgoilear a mhìnich na Sgrìoburan, air iompachadh an uair a bha e deich bliadhna ; bha Isaac Watts, an diadh-air agus am bàrd naomh a sgrìobh uiread de na laoidhean a bhios sinn a' seinn, air iompachadh aig naoi. Bha na balaich sin gun teagamh 'n am balaich shònruichte ; aig deich bliadhna bha iad air thoiseach air balaich a bha còig bliadhna deug, ann an eòlas agus ann an cumhachd inntinn.

Bho chionn ghòirid bha cuideachd de mhinistearan cruinn, agus bha a' cheist so air a togail 'n am measg, Cìod an aois aig an fhasa do'n eaglais an òigridh a chosnadh do Chrìosd ? Bha còig duine fichead a làthair, agus anns an t-seanchas a bha eatorra mu'n chùis so thàinig so a mach, gu'n do rinn ceithir air fhichead dhiubh suas an inntinn air son na ministrealachd m'an deachaidh iad seachad air ceithir bliadhna deug. Nach 'eil sin a' teagasg do phàrantan, chan e mhàin sìol maith na rìoghachd a chur, ach fughair a bhi aca gu'm faic iad a thoradh tràth 'n an cloinn !

Aig cloinn tha Caraid gràs-mhòr
Gu h-àrd os cionn nan speur,
An Caraid caomh nach fàinich
'S a ghràdh a chaoidh nach tréig ;
Neo-choltach ris na càirdean
Tha 'n triall gach là do'n uaigh
Tha 'n Caraid so neo-bhàsmhor,
'S tha ainm ro àrd ri luaidh.

Aig an Uinneig

THA dà sheòrsa dhaoine ann ; an fheadhainn as urrainn na chluinneas iad a chumail aca féin, agus an fheadhainn nach urrainn. Is daoine cunnartach an seòrsa mu dheireadh so, agus is ion do gach duine glic a bhì 'n a earalas orra. Chan aithne dhaibh modhannan no laghannan a' chàirdeis, agus an ni a chluinneas iad anns a' chluais éighidh iad e air mullach nan tighean. Air neo sgaoilidh iad e uigh ar n-uigh, eadaruin fèin 's an ursann.

O chionn ghoirid fhuair mi leasan o fhear dhiubh so, agus tha mi an dùil nach dichuimh-nich mi e ann an cabhaig. Bha sinn a' bruidhinn mu charaid eile as fìor thoigh leam, duine air an robh sinn le chéile eòlach, agus mar a thachras glé bhitheanta an uair a labhras daoine gu saor ri chéile aig taobh an teine, thubhairt mise rud-eigin mu'n fhear nach robh a làthair nach abrainn ris féin, ged bha e fìor gu leòir.

Dh' fhalbh fear na teangaidh fhada lom is dìreach 'ga ionnsuidh agus dh' innis e dha an rud a thubhairt mi, agus a' cheud uair a thachair mo charaid orm-sa thug e an aghaidh orm. Cha d' fheuch mise ri lethsgèul a dheanamh, oir chunnaic mi nach gabhadh an rud ceartachadh, ged nach robh ann ach rud suarach nach b'fhiach bruidhinn air. Ach chaill mi dà charaid air a thàillibh ; an dara fear a chionn gu bheil amharus aige orm, agus am fear eile a chionn gu bheil amharus agam air.

Sin agad, a leughadair, aon de thubaistean na beatha so, agus is fhiach dhuinn le chéile cnuasachadh air a' ghnothuch a dh' fheuchaimn am foghlaim sinn beagan gliocais.

Tha mi a' faicinn gu soilleir a nis nach robh mi féin gun choire, ach air a shon sin, tha fhios agam nach robh mi neo-dhìleas do m' charaid. Agus chan urrainn mi a ràdh gu bheil nàire air bith orm air son na thubhairt mi, ged fhuair mi mo chorragan a losgadh.

Faodaidh mi a ràdh gur e ministear a bha anns an fhear mu 'n robh sinn a' bruidhinn, agus is e a thubhairt mise uime, eadar fheala dhà 's a-rìreadh, " gur bochd nach robh e cho easgaidh 'n a inntinn 's a bha e 'n a bhodhig." Smior na fìrinn, eadaruin fèin 's an ursann, ach aig a' cheart àm, rud nach còrdadh ri duine sam bith a bhì air a ràdh uime, agus rud nach bu mhaith leat a ràdh ris ann an clàr an aodainn.

Chan e mhàin gu robh meas agam-sa air mo charaid ach bha gaol agam air nach 'eil agam air mòran ann an Cléir Chille-sgumain, ged thachair dhomh am facal ud a ràdh. Ach co dhùit ghabh e fearg rium, agus a dh'innseadh na fìrinn, cha b'ann uile gu léir gun aobhar, oir tha e coltach

nach d'innis fear na teangaidh fhada dha ach an aon fhacal ud d' ar seanchas. Na'n d'innis, tha mi an dùil nach ruigeadh e a leas a ghabhail anns an t-sròin. An uair a dhealaicheas fear na cagarsaich aon chrìomag de sheanchas duine bhò 'n chòrr, tha e ag éigneachadh na fìrinn.

Sin agad, ma ta, mar a thachair dhòmhsa, agus ged nach leugh am fear a chuir eadar rium féin agus mo charaid an duilleag so, tha mi dol a thoirt dha a theisteanais ann am briathran an duine ghlic, Solamh.

- (1) *Is bràthair fear na cagarsaich do 'n mhill-teir;*
- (2) *Dealaichidh fear na cagarsaich càirdean sonruichte.*

Cha ruig duine a leas dùil a bhì aige nach bruidhnear uime air a chùlaibh, agus cha bu chòir do dhuine tùrail sin a ghabhail gu h-òlc. Chan abair duine anns a bheil onoir rud air chùl cinn a charaid a dheanadh cron dha, no a mhill-eadh a chliù ; ach an taobh a mach dheth sin, tha iomadh rud eile a their ar càirdean agus ar luchd-eòlais umainn anns nach 'eil coire air bith, ged nach bu mhaith leò gu'n cluinneamaid e. Chan 'eil ann ach an daor ghòraiche dhuit a ràdh nach bu chòir do dhuine facal a ràdh air chùl duine eile nach h-abradh e ris anns an aodann. Chan e sin an saoghal, agus tha an saoghal féin na's glice na aon neach a tha air uachdar. Agus tha mi am barail nach 'eil cron sam bith ann an cleachdadh an t-saoghail ; co dhiu, bu mhiosa leam féin m' fhàilingean a bhì air an innseadh dhomh anns an aodann na iad a bhì air an deanamh 'n an cuspair-àbhacais air mo chùlaibh le càirdean dìleas. An rud nach cluinn cluas cha ghluais cridhe ; faodaidh tu a bhì ceart coma ged a dheanadh do chàirdean sgrùdadh beag laghach ort 'n am measg fein, cho fad 's a tha iad cho sìobhalta 's gun sin a dheanamh ann ad éisdeachd.

Ach ged nach 'eil cron anns a' chleachdadh so ann féin, faodaidh cron a thighinn às mur 'eil tùr is onoir ann an ceann na feadhach a bhios ris. Bha cho mhaith dhuit a bhì bruidhinn ri gamhuinn ri bhì a' seanchas ri duine gun tùr air am feum thu a bhì 'n ad earalas air eagal gu'n tuit facal bhuaith nach bu mhaith leat a bhì air a thoirt do eòin an adhair. An uair a dh' fheumas tu an aire mhaith a thoirt air an fhear a tha air taobh eile an teine chan 'eil ann an conaltradh ris ach rud gun tlachd, agus chan ainm do'n duine chunnartach sin ach *Beul-gun-fhàitheam*.



A' Phrasach Ghlan

"Far nach bi daimh, bithidh a' phrasach glan : ach bithidh fàs mòr le neart an daimh."
GNÀTHFACAIL, XIV., 4.

CHAN 'eil na briathran so duilich an tuigsinn. Chumnaic an duine glie air a chuairtean uair is uair tuathanaich aig an robh prasaich ghlana. Bha gach ni mu na bàthaichean aca réidh agus òrdail. Cha robh lub no eabar ri 'm faicinn. Ach bha taobh eile air a' chùis. Far an robh glaineadh 's a' bhàthaich bha gainne is gort 's an tigh. Cha robh damh air a' bhaile a dheanamh treabhadh no bualadh : agus far nach robh cur 's an earrach no buain 's an fhoghar cha b' urrainn nach bitheadh an t-acras. Cò a dheanadh roghainn de 'n phrasaich ghloin, 's i falamh, air thoiseach air a' phrasaich shalaich, agus innte damh mór làidir, comasach air cosnadh ?

Tha an gnàth-fhacal so fìor ann an dòigh no dhà. Thugaibh fanear an dachaidh far nach 'eil clann bheaga. Tha i mar is trice gun dragh gun ùpraid. Chan 'eil aig bean an tighre ri éiridh moch a dh'fhuineadh, no ri suidheadh anmoch a' figheadh 's a' fuaghal. Far am fàg i rud as a làimh, anns an dearbh àite sin gheibh i e. Chan 'eil fear an tighre air a shàrachadh a' freagairt cheistean no ag innseadh sgeulachdan. Ach air an làimh eile, far nach 'eil clann bheaga chan 'eil gean no gàire. Faodaidh e bhi gu 'm feum pàrantan a bhi cosnadh gu cruaidh a chum 's gu faigh a' chlann biadh is aodach : ach ni iad so le sunnd air ghaol conaltradh na cloinne. Ma tha clann a' tabhairt air uairean dragh is cùram 'n an cois, tha iad a' tabhairt do 'n dachaidh lànachd gràidh is dòchais. Far nach 'eil iad faodaidh gach ni 's an tigh a bhi gun smal, ach b' fheàrr gu mór an tigh troimh chéile agus ceòl cridheil na cloinne ann.

"Bithidh fàs mòr le neart an daimh."

Thugaibh fanear taobh eile de'n cheann-teagasg. Air feadh na Galltachd, gu sòn-ruichte dlùth air na bailtean móra, chithear aghaidh na dùthcha air a milleadh le tuill dhubha 's le torran àrda. Tha maise Nàduir air a folach far am bheil a' cladhach guail is iaruin. Tha duilleach nan craobh is feur na machrach còmhdaichte le suidh. Chuir an smèdrach, an lòn dubh, 's an uiseag, cùl ri àite anns nach cluinnear an ceòl le fuaim nan òrd. Tha na sruthain agus na h-uillt a bha aon uair a' ruith gu glan, 's iad beò le bric. an diugh salach agus marbh. Chan 'eil fìu na caoraich air nach 'eil dreach na dùthcha.

Theagamh gu bheil sinn a' caoidh na maise a dh' fhalbh 's nach till tuilleadh, agus a' caineadh na smùide a tha 'g ar tachdadh. Ach is eudar dhuinn a chuimhneachadh gu bheil taobh eile air a' chùis. Theagamh nach 'eil an dùthaich cho glan, 's cho gorm rìs na glinn Ghàidhealach, ach tha i làn dhaoine, agus gheibhear beartas inntenach 'eilidir mu thuath. Comh-cheangailte ris na tuill dhubha 's ris na luidheirean àrda a tha cur a mach na smùide, tha tomhas mòr de neart agus do dh' aghartas na rioghachd. *"Far nach bi daimh bithidh a' phrasach glan : ach bithidh fàs mòr le neart an daimh."*

Faodaidh sinn dol ceum na 's fhaide leis a' cheann-teagasg, agus chi sinn gu bheil e fìor do thaobh eachdraidh na h-eaglais ann an Albainn. Nach iomadh còmhstri a dh' éirich a mach bho cheistean creidimh ? Bha sluagh na rioghachd air an roinn gu tric an aghaidh a chéile. Bha iad ri cogadh 's ri càineadh air sgàth fìrinn is saorsa, agus tha sinne a' mealtuinn toradh na còmhstri.

Anns na limtean roimh an Ath-leasachadh bha sìth is sàmhechar air feadh na tìre ann an cùisean na h-eaglais, oir anns an àm sin bha i uile-chumhachdach. Bha còir aice air roinn mhòr de dl' fhearann na h-Alba. Bha na sagartan 's na manaich a' tighinn beò ann am pailteas. Bha an aire air itheadh agus òl. Chan fhaodadh rìgh no uaislean eaglais na Ròimhe a chronachadh. Ann an dòigh bha an Eaglais aig fois. Ach cha robh am facal 'ga shearmonachadh, 's cha robh an sluagh air an teagasg.

Mu dheireadh thall dh' éirich ùpraid is còmhstri, ach 'n an cois thàinig beannachd. Fhuair Padruig Hamilton agus 'n a dhéidh-san Deòrsa Uisheart is Iain Nocs còlas air an fhìrinn. Bha dànachd agus cumhachd aca an fhìrinn a' sgaoileadh am measg an t-sluaigh. Dh' éirich iad an aghaidh na h-eaglais, agus chaidh an eaglais 'n a boil. Chuir i iomadh duine diadhaidh gu bás, agus thug i o mhóran eile na bha aca ris an t-saoghal. Chan 'eil teagamh nach robh móran anns an linn sin a theireadh gu 'm b' fheàrr cùisean a bhi mar a b' àbhaist ; gu 'm b' fheàrr aineolas agus sìth no còlas agus geur-leannhuinn ; gu 'm b' fheàrr ann am briathran a' chinn-teagasg a' phrasach ghlan gun damh, na an damh le saothir is sàrachadh. Ach ri ùine thàinig fàs

agus toradh á còmhstri an Ath-leasachaidh. Fhuair daoine sealladh ùr air firinn 's air diadhachd. Chunnaic iad gu robh slighe agus dorus fosgailte romhpa gu Cathair-ghràis. Chual iad guth Dhé ann am briathran Iosa ag ràdh

“ An ti a gheibh 'anam, caillidh se e, ach an ti a chailleas 'anam air mo shon-sa gheibh se e.”

UILLEAM A. MACGHILLIOSA.
A' Cheannamhair.

Am Bas

THA fhios againn nach b' urrainn dhuinn dad ùra a ràdh air a' chuspair so, ged dh' fheuchamaid ri sin a dheanamh. Ach bu mhaith leinn facal no dhà a ràdh uime, a chionn gu bheil sinn cinnteach nach 'eil mòran d' ar luchd-leughaidh nach d' fhiosraich cheana 'n am beatha féin goirteas is dorchas a' bhàis. Cha mhór dhaoine a ràinig ire duine, gun teachdaire a' bhàis fhaicinn aig an dorus, agus fada m' an ruig iad feasgar an làithean bithidh an dara leth d'an cairdean agus d'an luchd-eòlais air taobh thall na h-uaighe.

Ged a sgrìobhadh 's a làbhradh mòran mu 'n bhàs tha e fhathast 'n a dhìomhaireachd mhór. An uair a dh' fhàgas an t-anam an corp, ciod a tha tachairt? C' àite a bheil an t-anam a' dol? Tha Leabhar nan ceist a' teagasg gu bheil anamanna nan creideach air an deanamh foirfe aig uair am bàis, agus a' dol a steach do ghlòir. C' àite a bheil anamanna nan aingidh a' dol? A bheil an dealachadh air a dheanamh eatorra aig uair a' bhàis, no am bi am binn gun a toirt a mach gu là a' bhreitheanais? An uair a thilgeas mac an duine an deò, ciod an saoghal a tha fogsladh roimhe, agus c' àite am bi a chòmhnuidh aige anns a' chruthachadh? Am bi cuimhne aige air na dh' fhàg e 'n a dhéidh, no a bheil dealachadh tur eadar an dà shaoghal? Ciod e nàdur na staid sin a tha eadar am bàs 's an aiseirigh? An dràs 's a rithist thig iomadh ceist de 'n t-seòrsa so gu ar n-inntinn, ach feumar a ràdh nach 'eil a' bheag de sholus ri fhaotainn orra. Ged a sheòl na mìltean ginealach o chladach an t-saoghail so a dh' ionnsuidh an t-saoghail eile cha do chuir iad fios air ais, a dh' innseadh dhuinn mu 'n cor. Am b' urrainn dhaibh sin a dheanamh? Ma b' urrainn, ciod an t-aobhar nach d' fhuaradh riamh teachdaireachd-o thaobh thall a' chuain a tha eadar am beò 's am marbh? Bha Lasarus ceithir làithean ann an saoghal nam marbh, ach air dha teachd air ais, bha a bhilean dùinte.

Cha d' thubhairt Criosd riamh mòran mu bhàs a' chuirp. Is ann mu bhàs eile a bu trice a labhair e. Cha robh ann am bàs a' chuirp 'n a shùilean-sa ach cadal—ni a tha nàdurra do mhac an duine. Tha e fìor gu bheil an samh-ladh so ri fhaotainn ann an teagasg dhaoine glic eile fada roimh latha Chrìosd, ach ma tha, bha na daoine a chleachd e a' ciallachadh le cadal—cadal gun dùsgadh. Ach cha b'e sin

a bha esan a' ciallachadh an uair a thubhairt e, “ Chan 'eil i marbh, ach tha i 'n a cadal,” agus cha mhò is e sin, a bha e a' ciallachadh an uair a thubhairt e mu Lasarus, “ Tha ar caraid 'n a chadal, ach a ta mise dol 'g a dhùsgadh, as a chadal.” Tha an Tiomnadh Nuadh a' labhairt mu 'n bhàs mar chadal cho bitheanta 's gu 'n d' thuir an Naomh Augustine, “ C'arson a theirear gu bheil iad 'n an cadal, ach a chionn gu 'n dùsg iad ann an là an Tighearna.”

Tha dorchas is dìomhaireachd a' bhàis a' luidhe cho trom air spioradan cuid de dhaoine 's gu 'n tugadh iad am maoin uile seachad 'n ceannaicheadh sin solus dhaibh. O chionn nan ceudan bliadhna labhair duine glic an facal so, agus chan urrainnear fhathast na 's fheàrr a ràdh, “ Dhòmh-sa tha am bàs air òrduchadh, agus dhuibhse beatha, ach cò dhiubh as fheàrr, aig Dia a mhàin a tha fhios. Ach bithibh cinnteach á aon ni, nach éirich ole do 'n duine mhaith, marbh no beò.”

Tha so a réir teagasg Chrìosd agus teagasg nan naomh uile, ged a chuir an Slànuighear a' chùis ann an dòigh as caomhaile agus ann am briathran as maisiche. “ Na biodh 'ur cridhe fo thrioblaid; ann an tigh m' athar-sa tha iomadh àite-còmhnuidh; far am bi mise bithidh sibhse mar an ceudna.” Thug na briathran sin an gath as a' bhàs, agus rinn iad teachdaire sìth de rìgh nan Uamhas. Ged nach 'eil am Biobull ag ràdh a' bheag mu staid nam marbh, is leòir na tha e ag innseadh dhuinn—“ Iadsan a chaidleas ann an Iosa, bheir Dia maille ris.” Tha iad còmhla ris-san; tha iad air an gleidheadh tèaruinte fo a chùram, oir cha bhris am bàs an dàimh a bha eadar Dia agus an anam anns a' bheatha so. Is beatha shiorruidh a' bheatha a tha Chrìosd a' tabhairt dhaibh-sa a chreideas ann, agus ged a thuiteas an corp do 'n uaigh, chan 'eil cumhachd aig an uaigh thairis air a' bheatha sin. Tha i mair-eannach mar bheatha Dhé.

Tha seann diadhair ag ràdh gu 'm bu chòir do dhaoine am bàs a chumail fa chomhair an inntinn a h-uile latha d' am beatha agus a h-uile mionaid de 'n latha. Chan 'eil sinn an dùil gu 'n do labhair e gu glic. Theagamh nach deanadh sin dhaibh ach cron; nach deanadh e ach lionn-dubh a chur orra an àite sòluimteachd spioraid. Bhiodh e 'n a uallach air an cridhe, air chor agus nach b' urrainn dhaibh an óbair làthail a dheanamh gu dileas, dichiollach. Ach

air a shon sin, cha chòir do dhaoine an smuain a chur bhuapa gu buileach. Tha e ionchuidh do gach duine a chuimhneachadh gu bheil am bàs air thoiseach air, oir is e an aon ni as am faod sinn a bhì cinnteach. Tha ar bliadhnachan a' dol seachad mar shruth, agus chan fhada gus an tig crìoch air gach obair a ghabh sinn os laimh. “Teagaisg dhuinn, a Dhé, ar làithean àireamh, a chum 's gu 'm foghlum sinn gliocas.”

Ach am measg an dorchadais a tha cuartachadh a' bhàis tha facal Dhé a' toirt dhuinn na comhfhurtachd làidir so, gur teachdaire sith e do shluagh an Tighearna. Faodaidh iad an

sùilean a dhùnadh ann an sith, gun fhiamh, gun eagal, air dhaibh dòchas a bhì aca gu 'n coinnich Caraid caomh iad air taobh eile an aiseig. Agus faodaidh na càrdean a dh'fhàg iad 'n an déidh an cridheachan a thaiseachadh air an fhacal so, agus an deòir a thiomachadh, “Is beannaichte na mairbh a gheibh bàs anns an Tighearna, seadh, tha an Spiorad ag ràdh, a chum gu 'm faigh iad fois o an saothair.”

C' arson, mata, bhios sibh ri bròn,
Mar dhream gun dòchas mòr;
Am bheil 's a bhàs ach teachdair sith,
'G an gairm gu riogh'chd na glòir?

An Tìr Immanuel Shuas

THA sruth mo ré a' traghadh,
Feuch, bristeadh-fàire nèimh!
A' mhadainn a bha m' iartus,
Mo chéitein grianach, séimh!
Dubh, dorcha, ged bha 'n oidhche,
Tha 'n soillse teachd 'na luaths,
'S a tha glòir a' tamh gu siorruidh,
An tìr Immanuel shuas.

'Se Crìosd am fuanan saibhir,
Sruth aoibheil, pailt, a' ghràidh:
Làn-beòil an t-saogh'l cia suarach
Seach cuantan Tìr an Aigh!
Mar mhuir gun tràigh, gun traoghadh,
Tha thròcair chaomh 's a thruas,
'S tha glòir a' tamh gu siorruidh
An tìr Immanuel shuas.

Bha smachd is tròcair duale,
Troimh fhad mo chuairt 's an t-saogh'l,
Is dealt mo bhròin 's mo thruaighe
A' lasadh suas le ghaol;
Molam an làmh rinn stiùradh,
'S an cridh' a thùr 's a ghluais,
Tràth bhios mi 'm chathair-rioghail,
An tìr Immanuel shuas.

'S le Fear-mo-ghaoil gu saor mi,
'S is fearmsa Fear-mo-ghaoil!
Bheir e am bochd 's an diblidh
D'a luchairt fiona 's faoil';
'S i airidheachd mo Shlàn'gheir
M' aon stéidh is fàth mo luaidh,
Seadh anns a' ghloir bhios siorruidh
An tìr Immanuel shuas.

Bu chruaidh mo ghleachd gu flaitheas,
Troimh ghaillinn 's strìth nan dùl;
'S a nis mar astrach sàraicht',
'S a thaic air làimh 'fhir-iùil,
'Nuair tha mo là air crìonadh
'S am feasgar 'ciaradh nuas,
Caomh-fhàilt do 'n ghloir bhios siorruidh
An tìr Immanuel shuas.

Bha an laoidh so air a deanamh le Mrs.

Cousin, mar chuimhneachan air Samuel Rutherford, ministear cho diadhaidh 's a bha riamh ann an eaglais na h-Alba. B'e am facal mu dheireadh a labhair e m' an d' fhàg an anail e, *Tha glòir, tha glòir ann an tìr Immanuel shuas*. Tha a' chuid as motha de bhriathran na laoidh air an toirt as a shearmoin 's a litrichean féin.

Rugadh Samuel Rutherford ann an 1600, agus chaochail e ann an 1661. Ann an 1627 shuidhicheadh e 'n a mhinistear ann an Anwoth. Bha e dicheillach is eudmhor 'n a obair. Thubhairt aon d'à choimhthional féin uime, “Tha e ag ùrnuigh gun stad, a' leughadh gun stad, a' searmonachadh gun stad, a' sgrìobhadh gun stad.” Dh' fhaodadh e a ràdh mar thubhairt an Salmadair, “Air sgàth Shìoin cha bhì mi am thosd, agus air sgàth Ierusalem cha ghabh mi fois; gus am bris a fireantachd a mach mar sholus dealrach, agus a' sgàinte mar leus lasrach.” Dà bhliadhna 'n déidh dha dol do Anwoth, sgrìobh e gu caraid, “Chan 'eil mi faicinn toradh mo shaothrach. Bhithinn toilichte na 'm biodh aon anam air a thoirt dhomh gu bhì 'n a chrùn aoibhneis ann an latha Chrìosd.” Fhuair e dùrachd a chridhe ann an ùine ghoirid; chan e aon duine, ach ceudan, aig an robh aobhar taingeachd gu 'n cuala iad Rutherford. Bha a mhinistrealachd air a beannachadh gu mòr le Dia d'a sgreachd féin agus do dh' Albainn gu léir. “Cha d' éisd mi riamh ri searmonaiche eile,” arsa duine a chuala e, “a rinn Crìosd cho maiseach agus cho ion-mhiannaichte do m' chridhe. B'e toiseach is meadhan is deireadh a shearmonachaidh, crann-ceusaidh an Tighearna Iosa Chrìosd.

Ann an 1636 chuireadh a mach as a sgireachd e, agus thugadh bhuaith cead searmonachaidh. Is e a b' aobhar dha sin, gu'n tug e oilbheum do 'n Chrùn le cuid d'a sgrìobhaichean. Cha robh an Crùn agus an Eaglais aig an àm a' cordadh mu 'n dòigh-riaghaidh a bu chòir a bhì oirre, agus ghabh Rutherford taobh na Cléire an aghaidh a' Chrùin agus naon Easbuigean. Bha e làidir 'n a bheachdan is car neo-mheasarra

'n a chainnt, agus a thuilleadh air sin, thug e dùlain do 'n lagh. Chuireadh as an sgìreachd e, agus thugadh do Obar-Dheathain e, "gu bhì air a chumail ann fhad 's a thoilicheadh an rìgh." Ach tha e fèin ag radh, "Gidheadh cha do thréig mo Mhaighstir mi; fhuair mi an tuilleadh eòlais air gràdh Chrìosd le ochd mìosan deug prìosain, na fhuair mi le naoi bliadhna searmonachaidh." Ach bha a chridhe anns a' chùbaid, agus an uair a thigeadh latha na Sàbaid, 's a chuimhnicheadh e air na h-uairean sòlasach a b' àbhaist a bhì aige fhein 's aig a' choimhthional ann an Anwoth, theireadh e gu robh farmad aige ris na h-eòin bheaga a bha neadachadh ann am ballachan na h-eaglais. Bha an fhaireachduinn 'n a chridhe a bha ann an cridhe an t-salmadair, Salm LXXXIV.

Ann an Obar-Dheathain sgrìobh e a' chuid as motha de na Litrichean, a tha cumail 'ainme beò. Tha mu thimchioll trì cheud gu leth dhiubh ann air fad. Bha iad air an sgrìobhadh gu àrd is ìosal air feadh na dùthcha, 'g an comhairleachadh, 'g am misneachadh, 'g an cronachadh ann an nithean spioradail. Theagamh nach robh dùil sam bith aig Rutherford fhéin gu 'm biodh iomradh orra an déidh a bhàis. Ach tha na litrichean beò, ged nach 'eil cuimhne an diugh air na sgrìobhaichean eile a choisinn cliù dha o ghinealach fhéin. Is maith an gille-sabhail, Tim. Is cinnteach a chuireas esan dealachadh cadar an cruithneachd 's am moll. Thubhairt an diabhair Baxter nach b' aithne dha leabhar a ghabhadh coimeas ris na Litrichean so, agus a mach o 'n Bhibull Naomh, nach do sgrìobhadh rianh comhairlean cho spioradail 's a gheibhear anna; ach thuir duine eile nach ruig sinn a leas ainmeachadh, nach 'eil anna ach amaideas is gaoth. Theagamh nach 'eil smior na firinn aig fear seach fear de 'n dithis, ach tha sinn cinnteach nach bi aithreachas air ar luchd-leughaidh ma ghabhas iad ar comhairle, an leabhar a

leughadh. Cha ruig duine a leas ach na fhreagras air agus na chòrdas ris a thoirt asda.

Ann an 1639 chuireadh Rutherford air leth gu bhì 'n a fhear-teagais ann an Oil-thigh Chill-Rìbhinn, agus ceithir bliadhna 'n a dhéidh sin, bha e am measg nan diadhairean a choinnich ann an Westminster, a chum Leabhar Aidmheil a', chreidimh agus Leabhar Aithghearr nan Ceist a chur r'a chéile. Shearmonaich e air beulaibh na Pàrlamaid, agus cho fhad 's a bha e ann an Lunnain bha e labhairt 's a sgrìobhadh, gun tàmh, gun fhois. Air dhòigh air choreigin thug e oibheum do 'n luchd-riaghlaidh a rithist, agus ghairmeadh e air beulaibh na Pàrlamaid, chum achmhasan a thoirt dha. Ach "bha sruth a ré a' tràghadh"; bhuaill tinneas e, agus ghairmeadh e gu seasamh an làthair Cathrach a b' àirde. Bha e air leabaidh a bhàis an uair a chuir a' Phàrlamaid fios air, agus is e an fhreagairt a chuir e air ais, "Abraibh riutha gu 'n d' fhuair mi gairm gu cuir as àirde na iadsan, agus m' an tig an latha, gu 'm bi mi far nach 'eil a' bheag de rìghrean no de mhaithean." Chaochail e ann an 1661.

Bha e 'n a dhuine diadhaidh, eudmhor ann an seirbhis Chrìosd. Bha a chrannchur air a tilgeadh ann an amannaibh dorcha, bruaileanach, agus chan 'eil teagamh nach robh tomhas de spiorad nan timeannan air a ghiulan. Chan 'eil e comasach do dhuine sam bith a bhì fada air thoiseach air a linn fhéin. Chan 'eil e furasda dhaibhsan a dh' fheumas cothachadh air son a' chreideamh, a bhì cho cìtin, agus cho iriosal, agus cho reusanta, rìusan nach ruig a leas pàirt a ghabhail anns an stri. Ann an teas a' chatha thubhairt is rinn Samuel Rutherford iomadh ni nach robh a réir lagh a' ghràidh, ach mur biodh e dùrachdach ann an aobhar an t-soisgeil cha bhiodh e anns a' chath idir. Agus is còir dhuinn an duais so a thoirt dha, fhàilingean a thiodhlacadh agus a mhaitheas a chumail air chuimhne.

Achan An Deòraidh

THA càch a' triall d' an àros fein

Mar dh' iarras eun d' a chòs;
Am fàrdaichean 'nan saoghal-céin,
Gun bhlàth 'na ghréin do 'n Deòr,
Gun toman fraoich an sin e thaobh,
Gun bhraon a ni e òl—

An ceòl tha togail inntinn chàich
A' giùlan dà-san bròin.

Co dh' ionnsuidh thig mi 's mi fo leòn
Ach dh' ionnsuidh Teò-Mhic Dhe ?
Bha Thus' ad dheòraidh iomadh bliadhn'
Ag iargain fìor-uisg Nèimh ;

Ad ghàirdean sheunadh mi am òig,
Is fhuair mi còir do threud—

'S ge tric bha gràinealachd am lòn,
Tha blas do phòig' am bheul.

Cùm teagasg m' òige ghnàth fo m' shùil,
Mar shruthan-itùil 's a' cheò,
Is ùrnuighean mo shluaigh am cheum,
A réir gach feum a chòr ;
Biodh gàir do chuain a chaoidh am chluais,
'Gam nuallan thun do Ghlòir—

Is long nam miann 'gam fheitheamh siar,
'S an bonadh anns an òb.

COINNEACH MAC LEÒID.

Caraid nan Gàidheal

THA *Caraid nan Gàidheal* 'n a ainm cliùteach do neach air bith a ghiùlan, ach tha mi am beachd nach deachaidh ar luchd-dùthcha am mearachd an uair a bhuilich iad an t-ainm urramach so air Tormod Mac Leòid. Is maith a choisinn e, agus is geal a thoill e, a bhì air a chumail air chuimhne mar *charaid nan Gàidheal*, oir bha a bheatha air a caitheamh ann an seirbhis a luchd-dùthcha agus an cànan.

Bha deagh fhuil nan Gàidheal a' ruith 'na chuislean agus 'na fhéithean, agus chaidh altrum ann an dachaidh chràbhaich, ghràdhaich, chaoimh, far an robh eòlas agus gliocas 'g a chuartachadh. Anns an sgìreachd anns an do rugadh e bha Gàidhlig gun truailleadh air a labhairt le iochdarain agus uachdarain. Bha an tuath lionmhor; cha robh roinn anns an eaglais; agus bha gach dorus anns an sgìreachd fosgailte do'n mhinistear 's d'a chloinn. Mar so bha cothrom aig Tormod air eòlas fhaotainn air cànan agus cleachdaidhean a dhùthcha agus ghabh e an cothrom a fhuair e. Shiubhail e monadh agus srath ann an cuideachd bh-uachaillean agus bhrocairean. Dh'iasgaidh e air muir agus air abhainn, agus sheòl e bàtaichean air Caol Muile agus air a' Chuan Lathurnach. Le Ruairidh beag, seirbhiseach dileas 'athar, chuir e seachad iomadh latha agus oidhche thaitneach. Mar so b' aithne dha smuaintean agus faireachduimean a luchd-dùthcha; dh'ionnsaich e bhuapa na sgeulachdan agus na sean-fhacail a thug e air ais dhaibh le deagh riadh an déidh mòran bhliadhachan anns an Teachdaire Ghàidhealach" agus "Leabhar nan Cnoc."

Shuidhicheadh e ann an eaglais Cheann-Loch 'na thrì bliadhna fichead, agus b' fheadar dha còirichean na Gàidhlig a sheasamh ann an aghaidh a bhràithrean anns a' chléir mar a cheud dhleasdanas. Chumnaic e gu robh dà ni gu sònruichte a dhìth na Gàidhealtachd, Biobuill a leughadh iad, agus sgoilean anns an ionnsaicheadh iad Beurla. Bliadhna an déidh bliadhna thog e a ghuth ann an àrd Sheanadh na h-eaglais as leth a luchd-dùthcha, ach bha e mar ghuth anns an fhàsach. Ach thagair e air an son gum sgìtheachadh agus mu dheireadh fhuair e éisdeachd. Tha na briathran a leanas air an toirt á bràid chomasach a labhair e anns an t-Seanadh.

"Beagan bhliadnahan roimh so cha robh sgoil ach beag anns a' Ghàidhealtachd, agus anns a' bheagan a bha ann is e Beurla a mhàin a bha air a teagasg. Is e a thàinig as a sin nach robh ach àireamh bheag de'n chloinn a b' urrainn feum air bith a dheanamh de'n teagasg a bha iad a' faotainn. Ged a

bha eadar trì agus ceithir mìle duine ann an Gàidhealtachd na h-Alba nach tuigeadh cànan sam bith ach Gàidhlig, chan 'eil ach dà bhliadhna ar fhichead o'n a ghabhadh am Biobull fhaotainn ann an Gàidhlig. Agus an déidh do'n Bhiobull a bhì air a thionndadh gu Gàidhlig agus air a chlo-bhualadh air son nan Gàidheal, bha e agus tha e fathast do mhòran 'na thobar glaiste. Cha b'urraim do'n t-sluagh aon fhacal dheth a leughadh. Ma tha sibh ag aontachadh leam gu bheil feum mór air sgoilean, tha mi an dòchas gu'n aontaich sibh leam anns a' phuig so, gur e cànan am màthar a' chànan as luaithe a dh'ionnsaicheas na Gàidheil a leughadh. Bu mhaith leam so a sparradh air 'ur n-aire, a chionn gu bheil cuid de chàirdean nan Gàidheal de'n bheachd gu bheil a' Ghàidhlig a' tighinn cadar an sluagh agus foghlum na Beurla. Ach creidibh mise, tha am beachd sin tur ceàrr, beachd as mearachdaiche cha b'urraim a bhì agaibh. Chan 'eil dòigh as fearr air Beurla a theagasg do na Gàidheil na sin a dheanamh troimh an cànan féin—an aon chànan a thuigeas iad."

Ann am briathran drùidhteach chaidh e air aghaidh, a' tagar air aithrichean is sean-airean na h-eaglais, as uchd Dhé, caoraich an Israel féin a bh-uachailleadh, agus solus an eòlais agus solus na firinn a thoirt do 'n Ghàidhealtachd. Leagh eridheachan cruaidh nan Gall ann an éisdeachd na h-òraid eir-eachdail aig Mac Leòid, agus chaidh an latha leis. Ann am beagan ùine ghluais an eaglais agus chuir i luim air sgoilean a thogail air feadh na Gàidhealtachd agus anns na h-eileannan an Iar. Chomb-oibrich uachdarain an fhearainn agus càirdean eile leis na cléirean. Thog mòran de na h-uachdarain tighean-sgoile agus chuir iad air leth crioman fearainn air son a' mhaighstir-sgoile. Chaidh Tormod féin agus ministearan eile air feadh na Gàidhealtachd agus nan eileannan, a dh' fhaicinn c'áite am bu mhotha feum air sgoilean a shuidheachadh, agus ann am beagan ùine bha còrr agus dà cheud sgoil air an cur air chois. Rinn na Gàidheil deagh bhuil de 'n chothrom a thàinig thuca, ged nach d' fhuair iad e ach annoch. Chùm Tormod a shùil orra, mar bhanaltrum air a leanabh. Chaidh e do Lunnain a dh' iarraidh cuideachaidh o Shasunn, agus ann an òraid a liubhair e air an turus sin labhair e na briathran so.

"Tha na sgoilean a' deanamh maith nach gabh in-seadh anns a' Ghàidhealtachd. Anns na còig bliadhna a chaidh seachad dh'

fhàg còrr agus seachd ceud duine òg iad, air an uidheamachadh gus an àite féin a ghabhail anns an t-saoghal, agus a dhearbhadh ciod a ghné dhaoine a tha anns na Gàidheil ma bheir sibh cothrom dhaibh. Chuir na sgoilean a mach cheana naoi fichead maighstir-sgoile a tha nis a' teagasg air feadh na dùthcha. Anns an teagasg Ghàidhlig dh'ionnsaich a' chlànn tuilleadh Beurla anns an fhichead bliadhna mu dheireadh na dh'ionnsaich iad ann an ceud bliadhna, an uair a bha a' Bheurla air a gnàthachadh mar inneal-teagaisg.

Ach c'ar son a tha cuid de dhaoine cho deònach air sgrìos a thoirt air an t-seann chànan Ghàidhealach? Faodaidh e bhith gu bheil fuaim teanga nam beann neo-bhinn ann an cluasan dhaoine na h-àirde deas, agus ma tha, is truagh mise a tha labhairt le teanga Ghàidhealach ri Sasunnaich. Ach is cànan urramach a' Ghàidhlig, cànan làidir bhrioghmhor, gun ghainne, gun laigse, anns am bheil ceangailte suas dhuinne gach nì as truime a dhrùidheas air inntinn duine. Is ann le crònan Gàidhlig ar màthar a chuireadh a chadal sinn 'n ar n-òige, is ann innte a labhair sinn ar ceud bhriathran mar phàisdean, agus is ann innte a chuala sinn ar n-aithrichean a' cur suas an ùrnuigh dheireannach. Tha mi toirt buidheachais do Dhia nach faodar a nis ministear gun Ghàidhlig a chur os cionn coimhthional Gàidhlig no maighstir-sgoil gun Ghàidhlig a chur a theagasg an cloinne. O'n cheud latha a theid a' chlànn do 'n sgoil tuigidh iad a nis ciod a tha iad a' leughadh."

Ach ged a bha sgoilean air am fosgladh cha robh leabhraichean-leughaidh freagarrach r'a fhaotainn ann an Gàidhlig, agus air iarrtus an t-Seanaidh, ghabh Tormod Mac Leòid os làimh leabhar freagarrach a dheasachadh. Thug an leabhar so tlachd do iomadh ginealach de òigridh na Gàidhealtachd.

Bha inntinn Thormoid air maith nan Gàidheal gun sgur, agus am beagan bhliadhnachan, an uair a chunnaic e gu robh luchd-leughaidh a' dol an òimhorachd anns a Ghàidhealtachd chuir e a mach an "Teachdaire Gàidhealach," agus b'e sin an teachdaire a bu shunndaiche a shiubhail riamh air feadh nan gleann agus nan eileannan. Bha àbhacas, fearas-chuideachd, agus cridhealas anns an Teachdaire, agus ann an Gàidhlig làidir, bhlasda, nach facas fathast na's fearr na i, thug e teagasg fallain agus fiosrachadh do shean agus òg, agus sin uile, ann an dòigh cho nadurra 's gu'n saoilleadh tu nach e Tormod féin a bha idir a' labhairt ach brocairean is ceistearan is piobairean na dùthcha. Uair 's a' mhìos, fad dà bhliadhna, chaidh an Teachdaire air a thurus, a' sgaoilleadh eòlais

agus aoibhneis air a shlighe, agus lean e na b'fhaide na 'n do rinn na Gàidheil uile an dleasdanas cho dìleas ris an fhear a sgrìobh e. Ach thachair do Thormod Mac Leòid mar a thachair do gach neach agus Comunn a rinn an dìchioll as leth nan Gàidheal. Cha do sheas a luchd-dùthcha an guallean a chéile; agus eadar fuath a nàimhdean agus briseadh a thàinig air a shlàinte stad an Teachdaire. Ach "an uair a bhios Murchadh Ruadh 'na thàmh, bithidh e a' ruamhar"; ann an co-bheinn ri Daniel Deòrach dheasaich Tormod Mac Leòid Foclair Gàidhlig, agus chuir e clach eile air càrn a sheirbhis air son a luchd-dùthcha. Am measg nan leabhraichean eile a dheasaich 's a sgrìobh e 'na dhéidh so bha "Leabhar nan Cnoc," agus "Cuairtear nan Gleann," agus ged nach do rinn e riamh ach na leabhraichean sin a chur a mach, bu mhaith a b' airidh e air an ainm *Caraid nan Gàidheal*.

Anns a' bhliadhna 1837 chaidh fuaim a mach gu robh a' Ghàidhealtachd ann an droch shuidheachadh, gun chonnadh, gun bhìadh; a' chiste-mhìne falamh agus acras air na pàisdean. Chualas gu robh daoine a' tighinn beò air maorach a' chladaich agus duileasg nan creag, agus gu robh mòran easlainge an lorg na gorta. Leòn glaoth nam bochd cridhe farsuinn fialaidh Mhic Leòid, agus cho luath 's a b' urrainn dha, thug e Sasunn air a thagar as an leth. Dhùisg e co-fhaireachduinn ris na feumnaich ann an cridhe nan Sasunnach, dhòirt iad gu fialaidh an tabhartasan 'na uchd, agus thill e dhachaidh le faisg air dà cheud mìle punnd Sasunnach a rinn cobhair air na Gàidheil ann am bliadhna na teamtachd. Deich bliadhna 'na dhéidh sin, an uair a thàinig an galar anns a' bhuntata, thog e air a rithist air an turus cheudna, agus bu mhaith do na Gàidheil bhochd aig an àm ud gu robh an caraid còir so aca, oir ràinig a pheann 's a ghuth air gach neach agus Comunn anns an rìoghachd a b'urrainn cuideachadh a thoirt dhaibh. Chan 'eil teagamh nach robh am maith a rinn e d'a luchd-dùthcha anns an dòigh so air a mheasgadh le cron, oir thòisich cuid dhiubh air sealltuinn ri cuideachadh o dhaoine eile an àm na h-èiginn, an àite oidhirp a dheanamh air an cor féin a chur am feabhas.

Ach marbhaig air an aois! Thòisich i air luidhe gu trom air an t-seann ghaisgeach; bha a neart a' fàilneachadh, agus ann an 1860 chaochail e.

Bha Tormod Mac Leòid iomraiteach 'na linn agus 'na latha. Chuir e seachad a bheatha ann an seirbhis Dhé agus dhaoine, agus dh'fhàg e ainm agus eisempler 'na dhéidh a bhrosnachadh agus a mhìseachadh càirdean na Gàidhlig agus nan Gàidheal. Cha d' iarr e urram no maoin air son na rinn e as leth a shluaigh, ged a fhuair e an urram agus an

gràdh ann an tomhas neo-ghann. Choisinn e gu maith an t-ainm leis am bi e air a chumail air chuimhne anns a' Ghàidhealtachd cho fad

agus a chinneas crann ann an coille no bhuaileas tonn air tràigh.

AN T-URR. COLLA DOMHNULLACH.

Annas a' Chathair

Coinneach MacLeòid

AN ainm na h-eaglais uile, agus gu sònruichte an ainm muinntir na Gàidhealtachd, bu mhaith leam a ràdh air an duilleig so gu'n tug e toileachas mòr dhuinn a chluinntinn gu bheil Oilthigh Chill-Rìbhinn a' dol a thoirt D.D. do Coinneach MacLeòid, ministear Ghiogha. Bidh so 'na naigheachd mhór ann an eilein beag, ach bidh e cuideachd 'na naigheachd aoibhneach anns a' h-uile Manse an Albainn, agus an iomadh àite is oisean air feadh an t-saoghail far an do ràinig na h-òrain a rinn e. Ràinig òrain Choinnich Mhic Leòid Honolulu is Rarotong. Agus ruigidh cuid dhiubh ginealan nach do rugadh fhathast. Bidh iad air an seinn an uair nach bi cùimhne air na searmoin a tha e fhéin a' toirt do mhuinntir Ghiogha an diugh, no air na searmoin a tha maithean is prionnsachan na h-éaglais a' toirt do mhuinntir Dhunéideann. Chan 'eil beatha shearmonaichean ach mar sgeul a dh'innsear, ach tha beatha shiorruidh aig na bàird.

Urnuighean air son nam marbh

Bho chionn greis tha na facail sin air bilean mhórann dhaoine; air bilean dhaoine a tha tuigsinn ciod a tha iad a' ciallachadh, agus air bilean dhaoine nach 'eil. Ach faodar so a ràdh co dhù, nach ruig duine air bith a leas eagal a bhì air gu bheil eaglais na h-Alba a' toirt gnùis air bith do theagasg nam Pàpanach, gu bheil mairbh a' dol a steach do bhurgadoir no gu bheil ùrnuighean nam beò éifeachdach gus an toirt a mach as. Chan 'eil ministear ann an eaglais na h-Alba a bhios ag ùrnuigh anns an t-seadh sin, cho fad 's is aithne dhòmh-sa, agus na'm bitheadh, bhitheadh e a' dol an aghaidh creud is teagasg na h-eaglais d'am buin e. Ach tha seòrsa dhaoine ann a tha cho amharusach agus cho eagalach roimh Phàpanachd 's gu'n gabh iad eagal ma chluinneas iad na mairbh eadhon air an ainmeachadh air bilean neach ann an ùrnuigh. Ged tha na mairbh a' dol as an t-sealladh chan 'eil cumhachd aig a' bhàs air co-chomunn nan naomh a bhriseadh, is tha e ceart gu'n cumadh sluagh an Tighearna cuimhne air neul mòr nam fianuiscan neofhaicsinneach leis a bheil iad air an cuartachadh, agus ris a bheil iad air an aonadh ann an eaglais Chrìosd; tha e ceart gu'n tugadh iad buidheachas do Dhia air son nan naomh uile a chrìochnaich an turus agus a tha nis aig fois, agus gu sònruichte air son an càirdean gaòil

féin a chaidil ann an Crìosd, oir tha sin uile a' cumail beò 'n an cridheachan dòchas na beatha maireannaich. Sin an seadh anns a bheilear ag ainmeachadh nam marbh ann an ùrnuigh; cha rud ùr a tha ann idir, oir bha e air a dheanamh ann an eaglaisean Pròstanach agus ann an eaglaisean Cléireachail bho thoiseach. Ciod is freagarraiche aig bòrd a' Chomanachaidh na gu'n tugadh an luchd-comanachaidh buidheachas do Dhia gu bheil co-chomunn aca anns an t-seirbhis naomh sin ri ainglean agus ri eaglais nan ceud-ghin agus ri spioradaibh nam firean air an deanamh foirfe? Sin teagasg is cleachdadh eaglais na h-Alba; ma tha rud eile a' dol air aghaidh an coimhthional air bith chan aithne dhuinne e.

An corp spioradail

Sin cuspair eile air a bheil deasbud a' dol air aghaidh o chionn greis anns na paipearan-naigheachd, ach ged a leugh mi an searmon a thog an deasbud agus na litrichean a bha air an sgrìobhadh uime chan urrainn mi a ràdh gu'n d'fhuair mi solus ùr. Cha dubhairt Tormod Mac Illeathain dad mu'n chorp leis an éirich na naomh ach a' cheart rud a thubhairt Pol uime ann an dòigh a b' fheàrr o chionn na ceudan bliadhna. Chan 'eil ann am facal ach facal fhéin, is chan 'eil fhios aig duine air thalamh ciod a tha am facal *etheric* a' ciallachadh na's mò na tha aig bodach na gealaich.

Ach chan e dad sònruichte a bha air a ràdh air a' chuspair so a thug oilbheum do na daoine a ghabh oilbheum ach rud eile uile gu léir, a bheil e ceart do dhaoine a bhì ag iarraidh soluis air nithean spioradail o ùghdarras air bith ach am Biobull, no a bheil e ceart do mhinistearan a bhì a' toirt gnùis do *spioradairean* no do'n fhoillseachadh a tha iad a' tairgsinn do'n t-saoghal.

Tha trì nithean is còir a ràdh uime sin,

- (1) gur glic do dhaoine gabhail ris an t-solus ciod air bith an àird no an ceàrn as an tig e.
- (2) cha ruigear a leas feuchainn ri inntinn mhic an duine a thoirmeasg o bhì rannsachadh nithean diomhair.
- (3) chan urrainn na *spioradairean* dad a dheanamh an aghaidh na firinn ach air taobh na firinn na's mò na's urrainn na diadhairean.

Feumaidh teagasg nan *spioradairean* an dearbhadh a sheasamh a dh'fheumas gach teagasg

eile ; ma's firinn e seasaidh e, ach ma's breug e cha seas. *Air an toradh aithnichidh sibh iad.*

Tha cuid de dhaoine ag ràdh gu'n d' fhuair iad comhfhurtachd is dearbhadh mu'n t-saoghal eile aig coinneamhan nan spioradairean far am faca iad sgàilean is far an cual iad gnogail air bùird is far an d' fhuair iad fios o spioradan air an taobh thall, ach ged nach bu mhaith leam-sa a ghabhail orm fhéin a radh nach 'eil ann ach faoineas dhaoine neònach, their mi so co dhiu, gu bheil sin uile a' toirt dhaoine a steach do shaoghal as leanabaile na'n saoghal a tha againn anns an Tìomnadh Nuadh. Tha e fìor nach 'eil a' bheag air innseadh dhuinn anns an Tìomnadh Nuadh mu'n t-saoghal eile no mu shuidheachadh na muinntir a tha ann, ach ged bu mhaith leinn eòlas a bhì againn nach tug Dia dhuinn, is e ar gliocas a ràdh mar thubhairt Ignatius, *Au duine a chuala guth Dhe aon uair faodaidh e tosdachd Dhe a ghàidlan.*

A' ruith na cuthaig

Bho chionn greis, anns na duilleagan Gàidhlig aig *Miosachan na h-Eaglaise Saoire*, chaidh an t-Urramach Coinneach Mac Rath, M.A., an Steòrnabhagh, an sàs gu garbh agus gu guineach ann an Eaglais na h-Alba, ag ràdh gu robh i a' dealachadh ri firinnean mòra an t-soisgeil. Gus a phuuing a dhearbhadh thionndaidh e gu Gàidhlig litir a chuir duine air chor-eigin, nach do chuir ainm rithe, gu paipear-naigheachd an Ionar-nis, anns an robh e air a chur sìos fo thri cinn deug ciod an seòrsa creud a bha an duine sin a' saolisinn freagarrach do Eaglais na h-Alba.

Ghabh an t-Urramach Coinneach Mac Rath, M.A., 'n a imtinn gu'm b'e so an creud ùr a bha Eaglais na h-Alba a' dol a chur a mach, agus air bhonn nan ceann ud a chunnaic e ann am paipear-naigheachd (gun urrainn), chuir e nithean nach 'eil fìor as leth Eaglais na h-Alba.

Bha e air iarraidh orm-sa an gnothuch so a chur ceart, is ghabh mi an dòigh air a bha mi an dùil a bhiodh ceart eadar sinn fhéin agus an Eaglais Shaor; eadar bràithrean is coimhearsnaich is pearsachan-eaglais. Sgrìobh mi gu Fear-deasachaidh a' *Mhiosachain*, is dh' innis mi dha (an ainm na h-eaglais againn fhéin)

nach robh làmh air bith aig' cuirt no Cléir no Seanadh a bhuineadh do Eaglais na h-Alba anns a' phaipear air an do stéidhich am *Miosachan* a' chasaid ud 'n a h-aghaidh, agus thubhairt mi gu'm bitheaniaid 'n a chomain na'n innseadh e sin d'a luchd-leughaidh, na daoine a leugh aon taobh de'n naigheachd agus d'an robh e dligheach an taobh eile a chluinntinn.

Ach cha deanadh am Fear-deasachaidh sin. An uair a chunnaic mi nach cuireadh e ceart e le làmh féin, sgrìobh mi litir le mo làmh féin, litir shìobhalta anns an d'innis mi dha nach robh gnothuch air bith aig Eaglais na h-Alba ri creud nan trì ceann deug ud, a ghabh an t-Urramach Coinneach Mac Rath, M.A., mar cheann-teagaisg, is dh' iarr mi air an litir a chur anns a' *Mhiosachan*.

Ach cha deanadh am Fear-deasachaidh sin. Cha leigeadh e le deò soluis no le àileadh de'n fhìrinn ruighinn air na daoine a chuir an t-Urramach Coinneach Mac Rath, M.A., a' ruith na cuthaig.

Sin agaibh sin. Dh' iarr e orm an rud a chur ceart anns na duilleagan Gàidhlig againn fhéin. Bha mise de'n bheachd, is tha mi ann fhathast, nach robh aobhar air dad a ràdh mu'n rud air an duilleig so, oir chan 'eil ann ach rud suarrach co dhiù; cha robh anns a' chreud ùr ud leis an d' fheuch an t-Urramach Coinneach Mac Rath, M.A., ri goirisinn a chur air feòil dhaoine ach *aisling caillich mar a dàrachd*. Chan 'eil duine anns a' mhìle de'n mhuinntir againne a leugh na nithean a chuir *Miosachan na h-Eaglaise Saoire* as ar leth, air chor agus nach 'eil a' bheag de fheum ann na nithean sin àicheadh air an duilleig so. *An rud nach chluinn cluas cha ghluais cridhe.*

Ach ma chreid duine air bith gu bheil Eaglais na h-Alba cho dona 'sa thearradh i leis an Urramach Coinneach Mac Rath, M.A., chreideadh e sgeulachdan Chaluim na Cròige.

Ciamar a chòrdadh e ris an Urramach Coinneach Mac Rath, M.A., na'm biodh e air a sgrìobhadh am *Beatha agus Obair* gu'm bi esan a' feadaireachd air an t-Sàbaid; *ach mur bi, gu'm bu chòir dha an rud àicheadh*. Sin dìreach an dòigh a ghabh e fhéin.

Bean mo ghaoil

O! NACH robh agam buaile bhò
Gu sona saor an gleannan caol;
'Se sud na dh' iarrainn fad mo bhèd,
Le bean mo ghaoil, le bean mo ghaoil.

Tha cuid a' cur an cridh' air òr
A' stri ri thional o gach taobh;
Ach 's beag a choisneas iad le'n seòl,
Cha mheal e ni a sheachain gaol.

Tha fear an òir fo ghalair truagh,
'S tha fear a' ghanntair tana truagh,
Is sona dhòmhsa dh' iarr 's a fhuair
Mo bhuaile bhò le bean mo ghaoil.

O! nach robh agam buaile bhò
Gu sona saor an gleannan caol;
'Se sud na dh' iarrainn fad mo bhèd,
Le bean mo ghaoil, le bean mo ghaoil.



Searmon Comanachaidh

(AN EAGLAIS BHLÀIR AN ADHOLL)

Cluinnidh mi ciod a their Dia an Tighearna: oir labhraidh e sìth r'a shluagh, agus r'a naoimh; ach na pilleadh iad a chum amaideachd.—SALM LXXXV. 8.

THA Dia a' labhairt ruinn a ghnàth, agus a' labhairt ruinn an iomadh dòigh, ach tha e a' labhairt ruinn le guthan sòluimte an diugh, maduinn a' chomanachaidh. Tha là a' chomanachaidh 'na là mór agus 'na là beannaichte am measg uile Shàbaidean na bliadhna, agus mar sin thigeadh e dhuinn gairm air ar n-anam agus air gach ni a tha an taobh-a-stigh dhinn an Tighearna a mholadh; an Tighearna Dia a tha iochdmhor agus gràs-mhor, fad-flulangach agus pailt ann an coibhneas; an Tighearna Dia a tha labhairt sìth ris an t-saoghal ann an crann-ceusaidh a mhic. Thigeadh e dhuinn mar an ceudna teachd 'na làthair-san le h-urram agus eagal diadhaidh, oir tha an Tighearna naomh, naomh, naomh; tha an talamh uile làn d'a ghlòir. Na'n comharraicheadh esan aingidheachd cò a sheasadh 'na làthair? Ach agad-sa, a Tighearna, tha maitheanas agus mór-shaorsa.

Gu'n tugadh an Tighearna dhuinn uile cluasan a chluinneas agus cridheachan a thuigeas, a chum 's gu'n toir sinn faireach ciod a tha e ag ràdh ruinn anns an t-sàcramaidh nàomh so! Air uairean bidh daoine a' cluinntinn facal an Tighearna mar nach robh iad 'ga chluinntinn, agus a' làimhseachadh nithean naomha mar nach robh na nithean sin naomh idir; ach chan e sin an dòigh anns am bu chòir dhuinn tighinn gu bòrd a' chomanachaidh, ach leis an ùrnuigh so 'n ar cridheachan, *cluinnidh mi ciod a their Dia an Tighearna.*

Tha sinn cho eòlach air Facal an Tighearna 's nach 'eil e dhuinn ach mar fhuaim na gaoithe, ach ciod a tha ann am Facal an Tighearna ach fios a tha ar n-Athair nèamhaidh a' cur a dh' ionnsuidh gach aoin againn, ag innseadh dhuinn gu bheil sinn a' goirteachadh a ghaoil le ar giùlan neo-dhleasdanach! Tha sinn cho eòlach air na sàcramaidean 's nach duisg iad ionghnadh no ionndrainn 'n ar cridheachan mar a bu chòir a bhì air a dhùsgadh anna gach uair a chì sinn an t-anart geal sin air na suidheachain agus air a' bhòrd. "Le éisdeachd cluinnidh sibh, agus cha tuig sibh; agus le h-amharc chì sibh, ach chan aithnich sibh." Iarramaid air Dia an diugh an Spiorad Naomh a thoirt duinn a chum agus gu'n ath-bheòthaich e 'n ar cridheachan faireachduinn air na nithean priseil a thug e dhuinn ann an soisgeul a mhic, maitheanas ar peacaidhean, sìth ris féin, agus dòchas na beatha

maireannaich. Gun solus an Spioraid Naoimh cha léir dhuinne na sochairean a tha sruthadh o bhàs Chrìosd a tha sinn an diugh a' cuimhneachadh, oir is e an Spiorad Naomh a mhàin as urrainn ar suilean fhosgladh agus dearbhsheoilireachd a thoirt duinn mu éifeachd na fala a chaidh a dhòrtadh air Calbhari.

A Spioraid Naoimh r'ar n-ùrnuigh éisid,
'S an tigh so O dean tàmh;
Tuirling le d' fheartan àrd gu léir,
O Spioraid Dhe, gun dàil.

Sìth o'n Chrann-cheusaidh

Labhraidh an Tighearna sìth r'a shluagh. Tha feum aig uile shluagh an t-saoghail air sìth a bhì aca ri Dia; sìth a bhì aca 'n an coguis agus 'n an cridhe. Oir ciod an t-ole is motha ann beatha a' chinnidh-daonna? Nach e so e, an cogadh a tha dol air aghaidh gun sgur eadar toil na feòla agus toil Dhe; am mìshuaimhneas a tha ann an cridhe mhic an duine an uair a tha fhios aige nach 'eil e a' coimhionadh crìoch àraidh a bheatha, agus nach 'eil e a' toirt ùmhlachd no gràdh do'n Dia a bu chòir dha a ghlòrachadh le uile chridhe agus inntinn agus anam. Tha coguis nàdurra an duine ag innseadh dha nach h-urraim Dia sealltuinn air aingidheachd agus eas-ùmhlachd a chloinne ach le gruaim; ach tha crann-ceusaidh Chrìosd ag innseadh dhuinn rud nach h-urraim a' choguis nàdurra innseadh; tha e ag innseadh nach 'eil ann an gruaim an Tighearna ach an taobh eile d'a ghràdh. Ann an làithean Shephaniah bha daoine ann an Israel a bha ag ràdh, "Cha dean an Tighearna maith, cha mhò ni e ole," mar gu'n abradh iad, cha dean e dad air son dhaoine air thalamh. Ach chan e sin an guth a tha sinne a' cluinntinn an diugh anns an t-sàcramaidh so, nach do rinn Dia dad air ar son; no gu'n d' fhàg e sinn gun chuideachadh an uair a bha feum againn air cuideachadh. Tha am fìon agus an t-aran 'n an samhlaidhean air fuil agus feòil an t-Slànuigheir, agus tha an fhuil sin fhéin 'n a comharradh sìorruidh air spàirn na Diadhachd as leth a' chinnidh-daonna. Eisidh ris a' ghuth so a chuala Pol a' labhairt r'a anam féin bho chrann-ceusaidh Chrìosd, "B'e deagh-thoil an Athar gu'm biodh na h-uile air an deanamh réidh ris féin trid-san, air dha sìth a dheanamh

tre fhuil a chroinn-cheusaidh-san . . . agus sibhse a bha uair-eigin 'n 'ur coimhich, agus 'n 'ur naimhdibh ann bhur n-inntinn a thaobh dhroch oibre, a nis rinn e réidh ris féin ann an corp fheòla féin troimh 'n bhàs, a chum sibhse a chur naomh, agus neo-lochdach, agus neo-choireach 'n a làthair-san."

Tha cuimhne agaibh ciod a thubhairt Eliphas an Temanach ri Iob, " Gabh-sa a nis eòlas air Dia, agus bi an sìth; mar sin thig maith ad ionnsuidh." Thig maith air chor-eigin gu daoine an uair a chuireas iad eòlas air bith air Dia, ach chan fhaigh iad am maith as fheàrr ann an Dia mur cuir iad eòlas air ann an Iosa Criosd. Tha gu leòir de dhaoine a' creidsinn ann an Dia nach 'eil a' creidsinn ann an Criosd, agus nach do lùb an glùn riamh aig bonn a' chroinn-cheusaidh. Ach ciod an Dia anns a bheil iad a' creidsinn? Dia a tha folaichte ann an neul agus ann an dorchadas tiugh. Cha bhi eòlas againn air Dia as fhiach eòlas a ràdh ris gus am faic sinn e ann an Iosa Criosd a mhac, agus gus am faic sinn e gu sònruichte air Calbhari; ach a cheart cho luath 's a thogas tu suas do shùilean ri crann Chalbhari nach e so an smuain a leumas 'n ad inntinn, Feuch Uan Dhe a tha toirt air falbh peacadh an t-saoghail! Sin an guth a tha tighinn thugainn an diugh bho Fhacal Dhe, bho chrann-ceusaidh Chriosd, agus bho'n bhòrd aig a bheil sinn 'n ar suidhe, gu'n do lotadh e air son ar peacaidh-ne, gu'n do bhruthadh e air son ar n-aingidheachd, gu'n do leagadh air-san smachdachadh ar sìth, agus le a chreuchdan-san gu'n do shlànuicheadh sinne.

Tha feum againn uile air sìth, oir tha a thrioblaid fhéin, agus a chrois fhéin, agus uallach fhéin, agus a nàire fhéin, aig gach aon againn; tha an-fhois agus ionndrainn 'n ar cridheachan nach gabh sàsachadh le rud air bith anns an t-saoghal so. Ach an t-sìth a tha sinne ag iarraidh, chan 'eil i fada bhuan, oir tha i aig Criosd r'a toirt seachad, agus tha i aige-san cho pailt 's ged dh' òladh an saoghal uile as an tobar sin gu'm biodh e fhathast làn. " Mo shìth tha mi a' toirt duibh." Gabhaibh esan, a luchd-comanachaidh, aig fhacal, agus bheir e dhuibh an rud a tha sibh ag iarraidh; gheibh sibh fois do bhur n-anamaibh. Ciod eile a tha an facal creideamh a' ciallachadh ach Dia a ghabhail aig fhacal? Agus ciod eile a tha an crann-ceusaidh a' ciallachadh ach gu'm faodar Dia a ghabhail aig fhacal; gur Dia e a nochd a ghràdh agus a thròcair le a *ghnòmharran agus le fhulangas*.

Coibhneas an Tighearna

" Na'm bu mhise Dia," arsa Luther, " agus na'n do rinn an saoghal orm mar a rinn e air Dia bhuaillinn mo chas air agus bhreabainn e

agus an deanainn criomain dheth." Theagamh gu'n deanadh Luther sin, agus theagamh gu'n deanamaid sinne e cuideachd, ach cha duine Dia gu'n cailleadh e fhaighidinn no gu'm failnicheadh a thròcair. " Cò an Dia ann a tha cosmhuil riut-sa, a mhaitheas aingidheachd agus a ghabhas seachad air easaontas iarmaid t-oighreachd; cha ghleidh thu do chorruidh gu siorruidh do bhrìgh gur toigh leat tròcair?" Sin an Dia ris a bheil gnòthuch againn, Dia a tha neo-chaochlaideach, 'n a fhaighidinn, agus 'na mhaitheas, agus 'na thròcair. Ged dh' atharraicheas sinne chan atharraich esan, air chor agus gu'm faod sinn a bhi cho cinnteach as a ghràdh an uair a tha e 'gar smachdachadh 's a bhithneas sinn an uair a thuiteas ar crannchur ann an ionadaibh aoibhneach. Co dhiù a tha e 'gar treòrachadh ann an eluainibh glasa, no tha sinn a' gluasad troimh ghlinn sgàile a' bhàis, cha ruig sinn a leas ar sìth a chall, no eagal a bhi oirnn, oir is e an Dia a tha buntainn ruinn a' cheart Dia a tha sinn a' faicinn air Calbhari, Dia a dh' fhuiling air ar son. Cò, mata, a chuireadh teagamh ann; teagamh nach e sìth a tha e a' labhairt ruinn an diugh? " Dealaidhidh na sléibhlean ri 'm bunait, agus atharraichear na beanntan as an àite, ach cha dealaich mo choibhneas riut-sa, agus chan atharraichear coimhcheangal mo shìth, deir an Tighearna."

Tha fulangas an t-Slànuigheir a' foillseachadh fìor nàdur na Diadhachd. Ged nach do rinn esan eucoir riamh, agus nach robh cealg 'n a bheul, gidheadh dh' fhuiling e maille ris na h-eucoraich, agus ghiùlain e am peacaidhean 'n a chorp féin air a' chrann. " Tha Dia a' dearbhadh a ghràidh dhuinne do bhrìgh, an uair a bha sinn fathast 'n ar peacaich, gu'n do bhàsaich Criosd air ar son." Tha lotan an t-Slànuigheir a' labhairt sìthe ris an t-saoghal a chionn gu bheil iad a' toirt dearbhadh do'n t-saoghal gu bheil co-fhaireachdunn aig Dia r'a chloinn, agus cumhachd aige air nithean a chur ceart a chuir iadsan ceàrr. Labraidh e sìth r'a shluagh.

Naomh, Naomh, Naomh

Ach an Dia a tha sinn a' faicinn air Calbhari is Dia naomh e. Cuimhnichibh sin, a luchd-comanachaidh, air eagal gu'm pill sibh a ris gu amaideachd. Cho fad 's a bhios daoine anns an fheòil bidh toil na feòla ag oibreachadh an aghaidh lagh agus toil an spioraid, ach air a shon sin, ma tha daoine air taobh Chriosd ann an da-rìreadh, feumaidh iad comh-cheangal ùr a dheanamh r'an coguis a h-uile maduinn, nach pill iad gu amaideachd. Agus ciod a tha ann an amaideachd ach ainm bòidheach air a' pheacadh, co dhiù ainm as bòidheche na 'm peacadh fhéin? Sin an nàmhaid air am feum

sinn a bhi 'n ar faicill gun sgur, am peacadh a tha gu furasda ag iadhadh umainn anns an t-saoghal, agus gu sònruichte am peacadh a tha 'n ar cridheachan fhéin. “Bithibh-se glan a tha giùlan shoithichean an Tighearna.” Tha sinn an diugh a' seasamh ann an ionad naomh an Tighearna, agus tha e air iarraidh orra-san a sheasas 'na làthair-san an làmhnan a bhi neochiontach agus an cridheachan a bhi glan. “Rannsaich mi a Dhe, agus aithnich mo chridhe: dearbh mi agus tuig mo smuaintean, agus amhaire am bheil slighe olc air bith annam, agus treòraich mi anns an t-slighe shiorruidh.”

Ach ged tha e maith do shluagh an Tighearna an cridheachan a' rannsachadh air là comanachaidh agus sealltuinn a steach amta fhéin, tha e fada na's fheàrr dhaibh sealltuinn suas ri Dia, agus ri crann-ceusaidh a Mhic leis a bheil e an diugh a' labhairt ruinn air mhodh sòluimte, agus ràdh, “Seallaibh rium-sa, agus bithibh air bhur tearnadh, oir is mise Dia.”

Na Sùilean Fosgailte

Bithibh sàmhach, agus feithibh le foighid mhaith ri Dia, ag ùrnuigh ris 'n ur cridheachan, air eagal gu'n tachair dhuibh mar a thachair do Jacob, “Gu cinnteach bha an Tighearna anns an àite so agus cha robh fios agam air.” Air uairean tha Crìosd a' seasamh aig dorsan

Freasdail no Tuiteamas

ANS a' bhaile bheag so tha céilidhean againn an àm a' Gheamhraidh.

Tha iomadh seòrsa céilidh ann. Uair no dhà bha mi aig céilidh ann an talla mór, far an robh mòran Beurla air a labhairt agus air a seinn, agus beagan Gàidhlig; agus far an robh mòran tea agus aran milis ri fhaotainn; agus is aithne dhomh na fìor céilidhean a tha fhathast a' dol air aghaidh anns na h-cìleanan, far a bheil iad a' cur seachad na h-oidheche a' seinn agus ag innseadh sgeulachdan ri taobh an teine.

Ach saoil leam fhéin, a bheil céilidh ann coltach ris a' chéilidh a tha againne an so?

Dà uair 's a' mhòs, air obair an là bhi seachad, tha sinn a' cruinneachadh; an dotair, am fear-lagha, an sgoilear, agus mi fhéin, agus aig amannan ministear no sagart aig a bheil Gàidhlig, ann an seòmar comhfhurtachail le teine mór gasda (ged nach 'eil ann ach gual), agus fad dà uair an uaireadair tha sinn aig a' Ghàidhlig.

Chan 'eil Gàidhlig cheart aig a h-aon againn, ach tha sinn ag ionnsachadh.

Aig amannan tha sinn a' leughadh, agus an dràs 's a rithist bithidh an dotair agus am fear-lagha ri deasboireachd air na tha sinn a' leugh-

dhaoine agus a' bualadh, ach tha an cùsan air am bòdhradh le straihlich an t-saoghail air chor agus nach cluinn iad a' ghuth ciùin, agus an sin feumaidh e falbh agus am fàgail. Nach bu bhochd an gnothuch e na'n tigeamaid sinne an diugh gu bòrd an Tighearna, agus na'n éireamaid bhuaith a ris, gun aon fhacal a chluinntinn o Dhia, gun faireachduin idir a bhi againn air a làthaireachd, no gun a leithid de nì agus òran-molaidh a bhi 'n ar cridheachan! Bithibh sàmhach, agus cluinnibh ciod a their Dia an Tighearna; ciod a tha e ag ràdh ruibh 'n ar coguis, ach gu sònruichte ciod a tha e ag ràdh ruibh leis na samhlaidhean naomha so air a' bhòrd. Leò-san tha e ag ràdh, “Is e so mo chorp-sa a ta air a bhreiseadh air bhur son-sa: is e an cupan so an coimhcheangal nuadh ann am fhuil-sa.” Feuch ciod a ghné ghràidh a thug ar n-Athair dhuinne! Nach ann againn a tha an Dia, agus nach ann againn a tha an Slànuighear! Dia agus Slànuighear 'n an aon, oir bha Dia ann an Crìosd, a' deanamh an t-saoghail réidh ris féin. Sin facal na sìthe a tha Dia a' labhairt ruinne an diugh; facal a tha air a sheulachadh leis an t-sacramaid naomh so leis a bheil sinn a' cumhneachadh as ùr air bàs an Tighearna, a bha marbh ach a dh' éirich a ris ann an cumhachd a dhiadhachd, agus a tha nis beò, agus a bhitheas beò gu siorruidh mar Fhear-tagraidh an làthair Dhé as leth a shluagh.

adh, agus chan 'eil e furasda stad a chur orra aon uair 's gu'n tòisich iad. Aig amannan tha sinn ag innseadh sgeulachdan, agus aig amannan eile cha bhi againn ach smodal a' bhaile.

Ach, co dhiubh, air oidheche shònruichte bha am fear-lagha tuilleadh is grèth a bhi leughadh agus dh'iarr e orm sgeul innseadh.

“Ma ta,” arsa mise, “tha eagal orm nach 'eil sgeul agam air mo theangaidh, ach innsidh mi dhuibh naigheachd bheag mu thimchioll mo bhràthair-céile a bha 'na mhinistir.

A cheud sgeul o bhean-an-tighe

'Nuair a thàinig e air tùs gu àite-còmhnuidh, cha robh anns a' ghàrradh ach fàsach, ach bha e fhéin agus a bhean déidheil air gàrradhaich agus air a' mhoch-éirigh, agus ann am beagan bhliadhnanachan cha robh gàrradh cho taitneach ri fhaicinn anns an sgìreachd ri gàrradh a' mhinistir.

Aon là, thubhairt a bhean ris, “A Sheumais, tha an t-òisinn ud thall a' sealltuinn car lom, nach bu chòir dhuit *rockery* a dheanamh? Bu mhaith leam *rockery* a bhi againn.”

“Glé mhaith,” ars an ministear. Chruin-

nicheadh ri chéile tòrr chlach agus air an ath Dhi-luain bha e tràth air a chois, agus thòisich e air obair am measg chlach is chreag is ùir, ach 'nuair a stad e aig àm na dinnearach, thug e an aire gu'n do chaill e crois bheag òir, a bha daonnan air slabhraidh an uaireadair aige. Bha e glé dhuilich, oir bu thiodhlac i a fhuair e o'n mhnaoi 'nuair a phòs iad, agus bha i luachmhor 'na shealladh.

An dèidh na dinnearach chaidh e mach agus thionndaidh e a h-uile clach agus creag a rithist, a' cladhach an sud 's an so gus an d' thàinig an oidhche, ach cha robh sgeul air a' chrois a chaill e.

Còig-bliadhna-deug 'na dhéidh sin bha an dithis aca, aon latha, a' sealltuinn a mach air an uinneig air a' ghàrradh, agus thubhairt a bhean,—“A Sheumais, feuch cho tiugh agus cho neo-sgiobalta 's a tha na lusan air an *rockery* a' fàs; chan 'eil rùm aca air sgaoilleadh gu ceart. Nach bu chòir dhuit a h-uile rud a dheanamh as ùr, agus ann an dealbh na 's fheàrr, coltach ris na *rockeries* a chunnaic sinn ann an Dunéideann?”

Mar a thubhairt rinn. Chaidh ain ministear a mach air an ath Dhi-luain agus thòisich e air cladhach, agus mu 'n robh e còig mionaidean ag obair, ciod a fhuair e ach a' chrois?”

* * * * *

“Tha sin a' toirt 'nam chuimhne naigheachd eile,” ars' an dotair; bheir mi dhuibh i an àth oidhche.”

“Ma ta, bithidh sgeul againn cuideachd de 'n t-seòrsa cheudna” ars' am fear-lagha agus an sgoilear le chéile.

Agus so na sgeulachdan a fhuair sinn aig an ath chéilidh.

Sgeul an Dotair

Anns a' bhliadhna 1892 dh' fhalbh nighean a' ghobha ann an Eilean Chanaidh do 'n tràigh a dh' iarraidh boitean éitich airson teine a lasadh.

'Nuair a bha i a' coiseachd an sud 's an so an cois na tuinne chunnaic i crioman fiodha. Chrom i agus thog i e agus thug i an aire gu robh ainm snaidhte air, agus gu'm b' e an t-ainm, *Lachuinn Cambeul, Bilbao*, am Màrt 1892.

Chlisg i 'nuair a leugh i sin, oir b' e ainm a bràthar a bh'ann, a bha 'na bhoiler-maker anns an Spàinnt.

Thug i an crioman fiodha dhachaidh leatha, agus 'nuair a chunnaic a màthair e, ghabh a' bhean bhochd eagal mór. Bha i cinnteach gur e droch theachdaireachd a bh'ann agus gu robh *Lachuinn* marbh. Dh' fheuch na coimhearsnaich ri comhfhurtachd a thoirt dhi, ag ràdh nach robh ann ach rud gun bhrìgh agus na'm biodh ni ceàrr air *Lachuinn* gu'n d'fhuair i fios roimhe sud.

Sgrìobh iad gu *Lachuinn* agus thàinig litir

air a h-ais ag ràdh, “Tha mi slàn fallain, agus ag obair a h-uile là, ach 'se rud neònach a bh' ann gun teagamh. Tha cuimhne agam glé mhaith, 'nuair a bha làithean-féille agam aig toiseach na bliadhna, gu robh mi aon là 'nam shuidhe air sgeir air an tràigh faisg air Bilbao, agus a chionn 's nach robh rud na b' fheàrr agam ri dheanamh, gheàrr mi m' ainm air crioman fiodha agus an sin thilg mi e anns a' mhuir.”

Is fhada an Spàinnt o Eilean beag Chanaidh, agus gu firinneach b' e tuiteamas neo-chumanta a chuir gu'n do ghiùlain sruthan a' chuain an crioman maide a thilg *Lachuinn* 's a' mhuir ann an seòrsa de fheala-dhà gu ruig na tràghad fa chomhair na dachaidd bhig far an do rugadh 's an do dh' àraicheadh e.

Sgeul an Fhir-lagha

O chionn dà fhichead bliadhna bha mac-bràthar agam d'am b'ainm Uisdean ag obair ann an Tigh-nan-litrichean anns a' bhaile so. Thàinig dà dhuine òg, Peadar agus Seòras Mac Iain, á Glaschu gu clachan deich mìle air astar, air son tuathanachas ionnsachadh, m' an rachadh iad gu America mu Dheas.

A h-uile h-oidhche Di-Sathuirne thigeadh iad gu Tigh-nan-litrichean a dh' iarraidh an litrichean fhéin, agus cha b' fhada gus an robh dlùth chàirdeas eatorra agus Uisdean.

Bha iad dà bhliadhna 'san àite so agus an sin dh'fhalbh iad gu Glaschu a chum bàta fhaotainn a bha dol gu America mu Dheas.

Chaidh an long a steach do St. Vincent anns na h-Eileanan Cape Verde. Bha iad fhéin agus trìuir no ceathrar de dhaoine òga eile air clàr na luinge. Chunnaic iad beinn àrd faisg air an acarsaid agus shaoil leò, agus iad sgith le turus cho fada air bord luinge, gu'm bu mhaith leò mullach na beinne a ruigheadh. Dh'fheòraich iad de 'n sgiobair am biodh ùine aca sin a dheanamh. Thubhairt esan gu'm bitheadh agus shìn iad as. Ràinig iad mullach na beinne, agus theirinn iad a rithist 'nan deann ruith, ach 'nuair a ràinig iad an long fhuair Seòras Mac Iain a mach gu'n do chaill e leabhar-pòca anns an robh beagan airgid agus paipearan.

Cha d' thubhairt e facal ri càch; bha nàire air gu robh e cho neo-chùramach.

Shoirbhich gu maith le Peadar agus Seòras ann an America mu Dheas agus sgrìobh Seòras gu tric gu Uisdean a' moladh na dùthcha agus ag ràdh ris gu'm bu chòir dha tighinn a mach cuideachd. Bha Uisdean fada air udalan mu 'n chùis ach an ceann thri bliadhna rinn e suas 'inntinn gu'm falbhadh e.

Chuala athair Sheòrais iomradh air an turus a bha aig Uisdean 'san amharc agus sgrìobh e 'g a ionnsuidh, “Tha mi cluinntinn gu bheil thu falbh gu America mu Dheas. Tha bocsa beag agam a bha mi dol a chur gu Seòras; theagamh

gu'm bi thu cho maith 's gu'n toir thu 'ga ionnsuidh e. Bithidh mi fada 'nad chomain ma ni thu so air mo shon."

Dh'aontaich Uisdean ; chaidh e do Ghlaschu; fhuair e am bocsa ; chaidh e air bòrd na luinge agus sheòl e.

Aig St. Vincent thachair a' cheart rud a thachair roimhe. Bha Uisdean agus ceathrar dhaoine òga eile air clàr na luinge; dh'fheòraich iad de'n sgiobair am biodh ùine aca mullach na beinne a' ruigheachd, agus air dhaibh cead fhaotainn shìn iad as.

'Nuair a bha iad a' dlùthachadh ris a' mhullach bhuail cas Uisdein rud air chor-eigin anns an fheur. Thog e agus ghlaodh e a mach, "A dhaoine, nach seall sibh! Ciod e so a' fhuair mi?"

"Roinn ma ta! Roinn ma ta!" ghlaoidh càch, agus ghreas iad air an aghaidh gu mullach na beinne.

'Nuair a bha iad a' leigeil an analach an sin, sheall Uisdean air an rud neònach a fhuair e agus bha iongmhadh mòr air 'nuair a chunnaic e gur e leabhar-pòca a bha ann, anns an robh òr is airgiod, agus paipearan air an robh an t-ainm sgrìobhta, "*Seòras MacIain, Glaschu.*"

"Am bheil sibh a' creidsinn so?" dh'fheòraich e d'a chompanaich ; " buinidh an leabhar-pòca so do'n cheart duine a dh'ionnsuidh a bheil mi a' toirt bocsa beag o athair ann an Glaschu."

"An e an fhìrinn a tha agad?" fhreagair iadsan, "air neo an ann a' tarruing asainn a tha thu?"

Cha chreideadh iad e gus an do ràinig iad am bàta a rithist agus an do nochd e dhaibh am bocsa leis an aon ainm air a bha air na paipearan anns an leabhar-phòca.

Sgeul an Sgoileir

'Nuair bha mi 'nam dhuine òg bha mi a' fuireach ann an Dun-Othainn. Bha an cosnadh maith agus deagh bheò-shlàint agam, ach cha robh mi riarachte. Mar is cumanta do'n òigridh bu mhaith leam an saoghal a ghabhail fò m' cheann, agus rinn mi suas m' imtinn am baile beag fhàgail agus dol gu New Zealand.

Bha caraaid agam ann an Dun-Othainn, d' am b' ainm Raibeart MacCoinnich, aig an robh bràthair d' am b' ainm Uilleam ann an New Zealand.

Chan fhaca mi Uilleam riamh, ach bhatar ag ràdh gu robh an dithis bhràithrean ri malairt còmhla, aig aon àm, agus gu'n do chuir iad a mach air a chéile mu thimchioll roinn an codach, mu'n deachaidh Uilleam gu New Zealand.

'Nuair a chuala Raibeart gu robh mi a' dol an sin, thàinig e d' am ionnsuidh agus thubhairt e rium, "Mar is aithne dhuibh chaidh mo bhràthair Uilleam gu New Zealand o chionn ochd bliadhna. M' an d' fhàg e an dùthaich, chuir

sinn a mach air a chéile, agus bha briathran gu maith searbh eadarainn, ach an déidh làimhe ghabh mi aithreachas agus tha mi a nis glé dhuilich gu'n do bhruidhinn mi mar a rinn mi, agus théid mi an urras gu bheil esan cho duilich rium fhéin, ach cha chuala mi dad m' a dhéighinn, bho 'n là sin. Cha do sgrìobh e facal thugam, agus chan 'eil fhios agam air an t-saoghal c'áite a bheil e ann an New Zealand, ach ma thachras sibh air, theagamh gu'm bi sibh cho maith agus innseadh dha cho duilich 's a tha mi, agus iarraidh air sgrìobhadh thugam."

"Ma ta a Raibeart," arsa mise, "'se áite mór a tha ann an New Zealand, na 's motha na Breatunn, agus tha eagal orm nach bi e furasda do bhràthair fhaotainn a mach, ach 'tachraidh na daoine 'nuair nach tachair na cruic,' agus ma chi mi e, bithidh mi glé thoilichte do theachdaireachd a thoirt da."

Chaidh mi gu New Zealand do'n Eilean-a-Tuath, agus bha mi an sin rè dhà bhliadhna, agus ge b'e áite 'san robh mi, cha do leig mi teachdaireachd Raibeart air dicheumhne, ach cha chuala mi dad mu thimchioll Uilleam.

Là de na làithean bha mi ann an Napier air gnothuch air chor-eigin, agus air do m' obair a bhì seachad, bha fhathast dà uair an uaireadar agam mu 'n rachainn air m'ais gu Wellington, far an robh mi a' fuireach aig an àm.

Chaidh mi air shiubhal an sud 's an so feadh a' bhaile a dh'fhaicinn ciod an seorsa áite a bha ann, ach dh'fhàs mi sgìth, agus thubhairt mi rium fhéin, "Théid mi air m' ais do 'n station agus cuiridh mi seachad an ùine anns a' charbad-iaruinn le leabhar." Chaidh mi do 'n station, agus bha an carbad-iaruinn an sin. Fhuair mi carbad falamh. Chaidh mi a steach agus shuidh mi ann an oisinn a' charbaid. Bha dithis mhnathan-uasal 'nan seasamh le balach beag aig doras a' charbaid, agus an déidh dhomh bhì 'nam shuidhe beagan mhionaidean, thàinig té dhiubh a steach agus dh'fheòraich i dhìom gu modhail am bithinn a' dol fad an rathaid gu Wellington.

"S mi a tha," arsa mise.

"Ma ta," arsa a' bhean-uasal, "bithidh mi fada 'nur comain ma bhitheas sibh cho maith agus suil a chunail air a' bhalach bheag so. Tha e a' dol gu Woodville, leth an rathaid gu Wellington, agus cha robh e riamh air astar cho fada 'na aonar. Bha an turus mu dheireadh a ghabh e na b' fhaide na sin, ach an uair sin cha robh ann ach an leanabh."

"O seadh," arsa mise, "agus ciod e an turus fada bha an sin, ma dh'fhaodas mi fharraid?"

"B'e sin 'nuair a thàinig sinn an so á Albainn."

"A Albainn! agus ciod e an ceàrn de Albainn?"

“ O àite beag ris an abair iad Dun-Othainn, O Dhùn-Othainn ! Tha sin neònach. Sin am baile as an d’thàinig mi fhéin. Mur mi-mhodhail a’ cheist, am faod mi bhur n-aínm fharraid ? ”

“ Mairi Nic Coinnich.”

“ An e sibhse Bean Uilleam 'Ic Coinnich, bràthair do Raibeart a tha fhathast an Dùn-Othainn ? ”

“ 'S mi gun teagamh,” ars' ise, “ agus is iomadh uair a chur mi impidh air Uilleam sgrìobhadh a dh'ionnsuidh a bhràthar agus an réite a dheanamh.”

“ Ma ta, tha teachdaireachd agam a dh'ionnsuidh Uilleam o bhràthair,” agus an sin chaidh mi air m' aghaidh gu bhì ag innseadh mar a thachair.

Cha ruig mi a leas a ràdh nach deachaidh mi idir gu Wellington air an là sin no air an àth là.

Chaidh mi dhachaidh còmhla ri bean Uilleam ; an uair a chual Uilleam mo theachdaireachd cha mhór nach deachaidh e as a chiall le gairdeachas. Chuir mi seachad seachduinn cho sunndach cridheil 's an tigh ada 's gu'n saoiladh tu gur e bànaid a bha ann, air neo gu'n tàinig mac struidheil dhachaidh.

Sgrìobh sinn gu Raibeart agus bha a h-uile ni air a chur ceart eadar an dà bhràthair.

Agus cò a nis a theireadh *tuiteamas* ri obair an *Fhreasdail* ?

Ma tha Gàidhlig bhlasda agad-sa, a leugh-adair, agus ma thachras dhuit aig àm air bith a bhi toirt sgrìob do 'n bhaile so, bithidh sinn toilichte t' fhaicinn aig ar céilidh. Tha sinn a' tòiseachadh le tea, agus rud leatha, aig leth-uair an déidh sia.

Mairearad C. Nic Ghille-Ruaidh.

An Tiomnadh Nuadh

ANN an làithean nan abstol, agus fad iomadh bliadhna 'n an déidh, b' e sgrìobhaichean an t-Seann Tiomnaidh am *Biobull* a bha aig an Crìosduidhean. Bha iad air an togail air an sgrìobtur an sin, agus cha robh iarraidh aca air sgrìobtur an air bith eile. Sin an t-aobhar nach robh an Tiomnadh Nuadh air a sgrìobhadh na bu tràithe. Ged nach urrainnear a ràdh, gu ruig bliadhna shònraichte, c'uin a bha leabhraichean an Tiomnaidh Nuaidh air an sgrìobhadh, tha fhios againn gu robh a' chuid as mò dhiubh co dhiu air an sgrìobhadh eadar lethcheud is ceud bliadhna an déidh bàs Chrìosd.

Ann na bliadhnachan sin thàinig fàs anabarrach air an eaglais, agus bha moran leabhraichean is dhuilleagan de gach seòrsa air an sgrìobhadh innte ; cuid dhiubh gun bhrìgh gun seadh, ach cuid eile dhiubh comasach air daoine a dheanamh glic a chum slàinte. Tha Lucas ag innseadh dhùinn gu robh móran de na leabhraichean sin air feadh na dùthcha 'n a latha féin, ach as am measg uile thagh an Eaglais an fheadhainn anns an dh' fhuair i blas is beatha, agus chaidh iad sin a sheulachadh le ùghdarras na h-eaglais mar Fhacal Dhé. Sin mar a thàinig an Tiomnadh Nuadh gu bhì air a cheangal ris an t-Seann Tiomnadh, agus air gabhail ris mar sgrìobtur. Bha an guth-taghaidh air a dheanamh leis an Eaglais i féin, agus b' e am bonn air an do rinn i an taghadh, gu robh na sgrìobhaichean d' an d' thug i gnùis buanachdail agus daoine oileanachadh ann an creideamh agus ann am fireantachd.

Cha b' ann le comhairle shuidhichte, mata, a bha an Tiomnadh Nuadh air a sgrìobhadh, agus theagamh gu 'n cuireadh e iongnadh gu leòir air Pol no Seumas na'n abairteadh riu gu'm biodh na litrichean a sgrìobh iad air an cumntas

mar Fhacal Dhé, mìle bliadhna an déidh am bàis, agus air an cur taobh ri taobh ri sailm Dhaibhidh agus fàisteachd Isaiah. Cha d' thàinig e ann an cridhe Phoil gu robh feum aig an eaglais air Tiomnadh Nuadh, anns an t-seachd anns a bheil sinne a' tuigsinn an fhacail ; agus chan 'eil ann ach *tuiteamas* gu robh uiread d'a litrichean féin air an sàbhaladh, oir aig an àm anns an do sgrìobh e iad cha robh aon dùil 'n a chridhe, no ann an cridhe nam feadhach a fhuair iad, gu 'm biodh iad air an àrdachadh gu bhì 'n an sgrìobtur.

B' ann uigh ar n-uigh, agus a réir a feuma aig an àm, a rinn an Eaglais an taghadh so, los cuimhne a chumail air teagasg Chrìosd agus air na riaghailtean beatha is creidimh a bha air an teagasg leis na h-abstol, agus fad iomadh latha bha i ann an iom-chomhairle co dhiu a ghabhadh no nach gabhadh i ri cuid de na sgrìobhaichean so. Thachair a cheart ni a thaobh an t-Seann Tiomnaidh ; fada iomadh latha cha robh an eaglais cinnteach (agus chan 'eil i cinnteach fhathast) co dhiu is còir no nach còir gabhail ri leabhraichean an *Apocrypha* mar sgrìobtur. Ann an seann Bhiobuill chithear na leabhraichean sin air an cur am measg nan sgrìobtur, ach ged tha meuran eile de 'n eaglais Chrìosduidh a' gabhail riu fhathast, tha an Eaglais Phròstanach a' cur cùl riu mar sgrìobtur. Tha e duilich a ràdh ciod e an fhìor chomharradh air sgrìobtur, ach ma theirear gur sgrìobtur sgrìobhadh anns a bheil tomhas mòr de spiorad an Tighearna agus de 'n ghliocas ata o shuas, tha e duilich a thuigsinn ciamar a shònraicheadh duine air bith leabhar Estèir air thoiseach air an leabhar a sgrìobh mac Shirach.

Ann an eaglais, anns na ceud linntean, bha leabhraichean sònraichte air an robh meas cho

mór 's gu 'n do theab iad àite fhaotainn anns an Tiomnadh Nuadh; leabhraichean mar a bha litir Chliamain is litir Bharnabais is Aodhair Hermais. B' àbhaist daibh sin a bhi air an leughadh ann an aoradh na h-eaglais, ach air a cheann mu dheireadh cha d' thugadh dhaibh àite an measg leabhraichean an Tiomnaidh Nuaidh, do bhrìgh gu'n do shuidhich an Eaglais nach gabhadh i ri sgrìobhadh air bith mar sgrìobtur mur robh e air a chur a mach fo làmh abstoil, no le ùghdarras abstoil.

Tha barrachd eòlais aig sgoilearan an là diugh air na sgrìobhaidhean a bha air an craobh-sgoileadh anns an eaglais anns na ceud linn-tean na bha aig na linn-tean sin iad féin, agus tha iad ag innseadh dhuinn nach 'eil teagamh air bith nach do thagh an Eaglais na leabhraichean ceart gu bhí 'g an àrdachadh mar sgrìobtur. Bha i air a treòrachadh ann am breitheanas le spiorad an Tighearna; ghléidh i an crùithneachd agus thilg i air falbh an moll.

Gheibhear anns an Tiomnadh Nuadh seachd leabhraichean fichead uile gu léir; ceithir soisgeulan, aon ar fichead de litrichean, aon leabhar-eachdraidh, is aon taisbeanadh. Bha e air a sgrìobhadh le naoi daoine, agus tha làmh nan daoine sin am bitheantas cho furasda an aithneachadh 's gu 'n dean sgoilearan maith a mach iad air an cannt. Ach ged bha an Tiomnadh Nuadh air a sgrìobhadh aig iomadh àm, agus air iomadh dòigh, agus le iomadh làmh, tha e uile gu leir a' cuartachadh mu aon ainm, ainm Iosa Crìosd ar Slànuighear. Sin a' bhann a tha 'g a cheangal ri chèile. Cha b' ann a nochdadh grinneas an làimhe féin a chuir Pol is Eoin is Seumas peann air pàipear, ach a thogail suas Iosa Crìosd fa chomhair an t-saoghail, mar Slànuighear pheacach.

Ged tha na soisgeulan air an cur air thoiseach anns an Tiomnadh Nuadh bha cuid de na leabhraichean eile air an sgrìobhadh romhpa, gu sònruichte litrichean Phoil. Is e a' cheud leabhar de'n Tiomnadh Nuadh a chaidh a sgrìobhadh a' cheud litir a chuir Pol gu eaglais nan Tesalonianach, agus an leabhar mu dheireadh dara litir Pheadair. Sgrìobh Pol an litir ud mu'n bhliadhna A.D. 53, no 54; tri bliadhna fichead an déidh bas Chrìosd, agus bha litir Pheadair air a chur a mach mu 'n bhliadhna 130, air chor agus nach mòr nach 'eil an Tiomnadh Nuadh air a sgoileadh thairis air ceud bliadhna. Ged gheibheadh Peadar aois nach d' fhuair e, cha b' urrainn da a bhi beò ann an 130, ach ged a tha an litir ud air a h-ainmeachadh air Peadar, cha b'e an t-abstol a sgrìobh i idir ach duine-eigin eile a chuir a mach fo ùghdarras Pheadair i. Tha eadar-dhealachadh mòr eadar a' cheud litir anns am faicear làmh Pheadair agus an dara té.

Tha e air a ràdh nach ann le làimh féin a bhiodh Pol a' sgrìobhadh a litrichean, ach gu

'm biodh cléireach aige a chuireadh sìos a bhriathran air pàipear mar a labhradh e iad. Ach gus comharradh a thoirt d'a chàirdean gur e fhìor bhriathran féin a bha iad a' leughadh bhiodh e a' cur ainme ris an litir 'n a làimh féin. " Failte uamsa Pol le m' làimh féin, ni as e an comharradh anns gach uile litir: mar so tha mi a' sgrìobhadh " (*i. Tesal. vii. 17*).

Theagamh gur ann a shàbhaladh ùine a bha Pol ag uisneachadh cléirich. Ann an Rom. xvi. 22, tha e air a ràdh, " Tha mise Tertius, a sgrìobh an litir so, a' cur failt oirbh 's an Tighearna." Cha robh cuid no pairt aig Tertius anns an litir ach gur e a làmh a bha cumail a phinn, ach cleas dhaoinne beaga a tha gaolach air iad fein a chur an géill, bu mhaith leis fhios a bhi aig an t-saoghal gu robh làmh aige-san ann an obair Phoil, agus chuir e beannachd bhuaith fein gu eaglais na Roimhe cho mhaith ri beannachdan an abstoil.

Anns na seann làithean ud cha robh postachan aca mar a tha againne an diugh, no co dhiu cha robh na postachan cho cinnteach. Air eagal gu'n rachadh litir air chall bha aon no dhà eile air an togail dhith, agus air an cur air falbh le teachdaire eile, ma bha an gnothuch sònruichte. Theagamh gu robh an aon litir air a chur gu dhà no trì de eaglaisean.

Chan 'eil gin a làthair an diugh de na ceud litrichean sin, ach gu fortanach, mar bha an ealgais a' fàs agus coimh-thìonailean a' fàs lìonmhor, bha iad air an ath-sgrìobhadh agus air an cur a mach an sud 's an so, a chum 's gu 'm biodh iad air an leughadh ann an éisdeachd chreidmheach air là na Sàbaid. Tha na trì craicinn is fheàrr agus is sine air a bheil an Tiomnadh Nuadh air a sgrìobhadh air an gleidheadh, fear dhiubh anns an Roimh, fear dhiubh ann an Lunnain, agus fear dhiubh ann am Petrograd. Ged tha mìltean de sheana chraicinn eile r' am faotainn, bha iad uile ach beag air an togail bho 'n trì ud. An diugh, an uair a tha am Biobull air a chlàd-bhualadh, tha e furasda gu leòir mìltean is mìltean leabhar a chur a mach, agus gun am mearachd as lugha a bhi anna. Ach an uair a bha am Biobull air a sgrìobhadh le làimh, air pàipear no craiceann, cha robh e cho furasd gun mearachd a dheanamh. Sin an t-aobhar gu bheil uiread fhacal anns an Tiomnadh Nuadh mu nach 'eil sinn cinnteach, an e Pol no Seumas no Eoin a sgrìobh iad, no an robh iad air an cur sìos le manach air chor-eigin an uair a bha e ag ath-sgrìobhadh litrichean nan abstol. Ma tha thu an dùil, a leughadair, gur rud furasda e leth-bhreac a thogail de leabhar, gun mhearachd a dheanamh, gabh do pheann agus sgrìobh aon duilleag de na tha thu a' leughadh agus cuiridh mi mo cheann an geall gu'n atharraich tu fichead facal seach mar a fhuair thu e.

(*Ri bhì air a leantuinn.*)

Aig an Uinneig

An t-Urramach D. T. MacAoidh

MUR beannaich an Tighearna ar n-obair bha Mho mhaith dhuinn a bhi 'n ar cadal ; chan ann le gàireadh feòla no le gliocas an t-saoghail so a chuirear air chois rioghachd Dhe air thalamh, ach le creideamh is ùrnuigh is cumhachd an Spioraid Naoinh.

Sin na ceud smuaintean a thàinig 'n am inntinn an diugh an uair a leugh mi ann am paipear-naigheachd gu'n do chaochail an duine beannaichte, an t-Urramach D. T. MacAoidh, a bha 'n a mhinistir anns an t-seann Eaglais Shaoir an Tiriodh an làithean m'òige, agus 'n a shoisgeulaiche air feadh na Gàidhealtachd o chionn bhliadhnaich.

Cha robh na gibhtean sin aig Mghr MacAoidh gu nàdurra a tha fasanta anns an eaglais an diugh ; cha robh ealadhain aige air coimhthional a riaghladh, no thoileachadh, no chumail cruinn ; agus idir idir cha robh ealadhain aige air leabharraichean a chumail, no air airgiod a thoirt á pòcanna dhaoinne. Cha robh e òrdail 'n a obair is cha robh e òrdail 'n a theagasg ; dh' fhalbhadh is thigeadh e mar a thoilicheadh e fhéin, gun a chomhairle a chur ri Cléir no ri Seisein, agus gun an cead iarraidh. Na'n cluinneadh e gu robh dùsgadh anns na Hearadh, no ann an Leòdhas, no anns an Eilean Sgitheanach, bhiodh e air falbh á Tiriodh leis a' cheud bhàta, gun uiread agus innseadh do na foirbhich gu robh e falbh, is theagamh nach bitheadh fhios aca no aig a' choimhthional c'àite an robh e.

Ach mur robh na gibhtean beaga so aige, a tha cumanta gu leòr am measg mhinistearan eile, bha aon ghilt mhór aige ann an tomhas a bu phailte na bha i aig ministear eile a b' aithne dhòmh-sa riamh, an Spiorad Naomh. Sin an t-aobhar gu'n do rinn Mghr MacAoidh uiread maith anns an t-saoghal 's a rinn e, gu robh e fo bhuaidh an Spioraid Naoinh, agus gu robh an Spiorad Naomh ag oibreachadh ann.

Tha leithidean an duine so, agus na h-oibrichean a bhios iad a' deanamh, oibrichean nach fhaicear air an deanamh le ministearan eile a tha, a réir choslais, na's fhèarr na iad,—tha iad a' togail cheistean air am bu chòir dhuinn uile a bhi meòmhrachadh. Chan 'eil teagamh air bith agam-sa 'n am inntinn fhéin gu robh an duine beannaichte so 'na mheadhon air iomadh anam a chosnadh do Dhia, ach tha mìle teagamh agam nach b' ann le gibht air bith a bha aige gu nàdurra a rinn e sin. Rinn e le cumhachd an Spioraid Naoinh.

Tha an Spiorad Naomh a' séideadh far an àill leis, mar a' ghaoth ; a' dolseachad air daoine maith, is daoine glic, is daoine tùrail, a shaoil-eadh tu a bhiodh freagarrach dha gu bhi air an uisneachadh leis, agus a' tuirlingeadh air daoine

nach 'eil 'n ar beachd-ne freagarrach idir. Bha Mghr MacAoidh 'na dhuine maith, ach a thaobh maithneas is naomhachd beatha, tha gu leòr de mhinistearan anns an eaglais a chuirinn air thoiseach air ; tha na ceudan innte a bu ghlice na e, agus na mìltean a bu tùraile na e, ach cha b' aithne dhomh ministear eile riamh anns an d' fhairich mi cumhachd an Spioraid Naoinh mar a dh'fhairich mi e ann am Mghr MacAoidh. An uair a smuainicheadh mi air an obair a rinn e chan urrainn mi gun smuaineachadh air na briathran a sgrìobh Pol, "Roghnaich Dia nithean amaideach an t-saoghail, a chum gu'n cuireadh e gu nàire na daoine glìce."

Cha robh e ann an ceum air bith coltach ri daoine eile ; bha e daonnann 'n a chabhaig ; cha robh furas no faighidinn aige ; a thaobh ghnoth-uichean an t-saoghail so bha e mar dhuine ann an ceò, agus eadhon anns a' chùbaid bha e mar bu trice ann an ceò, ach air a shon sin, chitheadh is dh'fhairicheadh tu air uairean ann cumhachd na diadhaidheadh agus cumhachd an Spioraid Naoinh. Bha e cho iochdmhor 's gu'n tugadh e a bhòrgan 's a bhriogais do na ceàird, is bha e cho dìchiollach anns an t-soisgeul 's nach b'urràinn dha an t-aiseag a ghabhail air bàta gun choinneamh-ùrnuigh a bhi aige innte. Theagamh gu'm biodh trì coinneamhan aige anns an *Fingal* cadar an t-Oban is Tobar-mhoire.

Tha e 'n a thoileachadh dhomh ainm an duine chaoimh a bheannachadh air an duilleig so, oir chan e mhàin gu robh meas mór agam air, ach bha gaol agam air cuideachd. Cha robh foill no féinealachd ann ; bha e iriosal, is bha e bàigheil, is bha e diadhaidh ; ach ged tha iomadh ministear ann an Eaglais na h-Alba m' am faodadh sin a bhi air a ràdh, bha *ni-eigin* eile ann an D. T. MacAoidh a thuilleadh air irioslachd agus air eud diadhaidh, bha *ni-eigin* ann air nach aithne dhomh ainm eile ach an *Spiorad Naomh*. Chunnaic mi le mo shùilean is dh'fhairich mi le mo bhuaidhan cumhachd an Spioraid Naoinh anns an duine ; tha mi cho cinnteach as a so 'sa tha mi gu bheil a' ghrian anns na speuran, agus sin an t-aobhar gu'm b' fhèarr leam dol 'ga éisdeachd, a dh' aindeóin neònachas a dhòighean agus an cion òrdalachd a bha 'na theagasg, na dol a dh' éisdeachd gin de mhaithnean na h-eaglais an Glaschu no an Dunéideann.

Theagamh nach cùm leithidean Mhic Aoidh suas an Eaglais, ach mur cùm iad suas an Eaglais, tha iad a' deanamh rud as fhèarr ; tha iad a' toirt fianuis do'n t-saoghal *gu bheil Spiorad Naomh ann*. Agus chumadh an Spiorad Naomh an diadhaidheadh beò eadhon ged rachadh an Eaglais as an t-sealladh. *Iadsan a thionndaidheas mòran gu fireantachd, deàtraidh iad mar na reultan fad saoghail nan saoghal.*



“Cò iad na h-amadain?”

“Feuchaibh uime sin gu’n gluais sibh gu faicilleach, chan ann mar amadain, ach mar dhaoine glìce.”

EPH. v. 15.

MA tha aon ni a bhàrr air ni eile anns am beil sinn gu tric a’ dol cli’s ann ’n ar beachdan air ar co-chreutairean. Chan’eil a h-uile ni a réir coslais, agus cha mhòtha tha daoine mar a shaoileas sinne a tha iad. Faodaidh sinn a bhi glé fhada ceàrr ann ar breith, gu h-àraidh ’nuair nach bi eòlas mionaideach againn air na cuspairean mu’m bi sinn a’ labhairt. Ma choinnicheas duine simplidh, creidmheach ruinn, bithidh sinn ullamh gu bhi tighinn gu co-dhùnadh, gu’m beil e gòrach no rud-eigin lag anns an inntinn, no gu’m beil easbhuidh air choir-eigin air, leis am beil e air a chumail sìos anns an t-saoghal; ach feumaidh sinn cuimhneachadh, nach ann mar so a tha an còmhnuidh, ach gu faod, agus gu’m beil, mòran air am beil buadhan sònruichte inntinn agus cuirp air an àicheadh a bhi fada air thoiseach ann an gliocas agus ann an eòlas spioradail air muinntir aig am beil na beannachdan sin.

Tha mòran anns an t-saoghal a tha de’n bheachd nach ’eil ann an diadhaidheachd no ann am beatha spioradail ach fìor ghòraiche, comharran air laigse inntinn agus faoineas na muinntir a tha ’g an cleachdadh. Bha sagart ainmeil uair-eigin a’ gabhail a thuruis air a’ charbad-iaruinn. Agus thàinig fear mòr reamhar, is coltas a bhìdh air, a steach agus shuidh e mu choinneamh, agus theann an dithis air còmhradh. Tha e coltach nach robh mòran aig an fhear reamhar mu dheighinn shagartan no eaglaisean, agus ’s ann a thuir e ris an t-sagart bhochd mar so. “’Se an cleachdadh a tha aig aithrichean anns an àit againne a bhi cur a’ chuid as laige ’s an inntinn de’n teaghlachan a steach air son na h-eaglais!” “O, seadh,” ars’ an sagart, “feumaidh le sin nach robh d’ athair-sa de’n aon bheachd ri càch.” Chuir sud stad air an fhear mhór phròiseil. Chan e laigse inntinn a tha deanamh amadan de dhuine sam bith. Chan e a’ mhuinntir air an d’ àichaidh Dia ’na fhreasdal, buadhan sònruichte na h-amadain idir, ach tha an Fhìrinn a’ deanamh glé shoilleir dhuinn cò iad na fìor amadain, agus seall air son tiota ri cuid dhiubh.

Luchd-àicheadh Dhè

“Thubhairt an t-amadan ’na chridhe, Chan’eil Dia ann” (Ps. 53). An t-ana-Criosduidh, agus am mì-chreidmheach, agus an duine aig nach ’eil àite do Dhia, is amadain iad guléir. Cha

do bhuiin Dia ri an cridheachan. Tha iad ro ghlic ’n am barail féin. Cò ach iadsan? Chan’eil spéis aca do Dhia no do dhuine, agus tha dùil aca gu’m feum a h-uile duine teicheadh as an rathad orra, agus gur ni mór a tha ann tàir a dheanamh air aobhar an Tighearna agus air sluagh Dhé. ’S iadsan na daoine, gun teagamh, mar a thubhairt Job beannaichte, agus is math a rinn e an tuigsinn ’nuair a labhair e gu leamh riù ag ràdh, “Chan’eil teagamh nach sibhse an sluagh, agus maille ribhse bàsaichidh gliocas!” ’S math leam féin sud aca, aig na daoine féinghlic, agus gu h-àraidh ’nuair a tha iad a’ dùnadh Dhè a mach. Beatha gun Dia, beatha an amadain; beatha struidheasach gun rian, gun sòlas, ach na thig o’n t-saorsa mheallta nach mair ach rè seallain. Chan’eil an smuaintean ag éirigh os cionn na talmhainn; chan’eil eagal Dhé fa chomhair an sùl. ’Nan cridhe their iad “Chan’eil Dia ann.”

Na Daoine Saoghailta

Is amadain iad so cuideachd ach mu’n dìt sinn iad, feumaidh sinn a thuigsinn cò iad. Chan iad na daoine dìchiollach, gnìomhach, na daoine saoghailta idir. Tha obair math air son anam agus corp duine, agus ’s e comharadh math air duine a tha ann e bhi saothrach, deantanach.

Co, ma seadh, na daoine saoghailta? Tha, iadsan air am beil an saoghal ’na mhaighstir, agus aig am beil àite do Dhia, ach mo thruaighe! chan e a’ cheud àite. Tha an saoghal an toiseach agus Dia a ris. Tha iad féin an toiseach agus Dia a ris. “Their mi ri m’anam,” arsa esan, “anam, tha agad mòran nithean fa chomhair mhòran làthean; ith, òl, agus bi subhach,” ach thubhairt Dia “Amadain, a nochd féin iarrar d’anam ort.” ’S e an duine saoghailta an duine a tha beò air a shon féin a mhàin, agus nach’eil a’ tabhairt an t-àite dlìgheach do Dhia ’na bheatha. ’S e an t-amadan a tha ann, agus eu-coltach ri pobull Dhè. Is e a tha an fhìor Chriosduidh ag ràdh, “Tha gràdh Chriosd ’gar cò-éigneachadh . . . gu’n d’fhuair e bàs chum ’s nach biodh sinne tha beò a so suas beò dhuinn féin, ach dhàsan a dh’fhuiling am bàs air ar son agus a dh’éirich a ris.”

Na Cealgairean

Is daoine ro chunnartach iad so. Chan’eil e furasd an deanamh a mach aig amannan, no

gnothuch a dheanamh riù. Chan'eil earbsa ri chur annta, am focal no an gnìomh. Faodaidh gu'm bi iad miath, milis, fa chomhair na sùla, ach mar phuinnean air ar cùl. Tha iad coltach ri uaighean gealaichte, mar a thubhairt Crìosd riu; maiseach o'n taobh am muigh, ach a stigh làn do chnàmhan dhaoine marbh agus gach uile thruaillidheachd. Ach a dh' aindeòin a chealgaireachd 's e an t-amadan tha anns a' chealgair. "Amadana, agus a dhaoine dalla!" arsa Crìosd ris na sgrìobhaichean agus ris na Phairisich. Cò e a théid suas a dh'ionnsuidh sliabh an Tighearna ach an ti aig am beil làmhan glan, agus eridhe neo chiontach, nach do thog anam ri dìomhanas, agus nach do mhionnaich a chum ceilge?

Na Daoine Mì-chùramach

Chan'eil teagamh sam bith nach amadain iad so; daoine nach 'eil a' cur suime ann an éisdeachd agus nach gabh comhairle. Tha mòran ann a tha ro-ghlic airson comhairle mhath a ghabhail, ach is amadain iad! 'S e an fhìor amadan nach gabh comhairle caraid, agus 's e an t-amadan a tha anns an duine nach éisd ri comhairle an Tighearna. "Cò air bith," thuir Crìosd, "a dh' éisdeas ris na briathran so agamsa agus a nì iad, sàmhlaichidh mi e ri duine glic a thog a thigh air carraig; ach cò air bith a chluinneas iad agus nach dean iad, sàmhlaichidh mi e ri duine amaideach a thog a thigh air a' ghainneamh."

'Se so an duine mì-chùramach nach 'eil a' toirt aire do theagasg no do stiùradh, agus a tha toilichte le rud sam bith, ged nach seasadh e ach mionaid. Tha an duine mì-chùramach riarachite le coslas a mhàin. Chan éisd e agus cha ghabh e comhairle gus an tuit a thigh m'a cheann agus an cail e a chorp agus anam. Cha dean e faire, agus cha toir e faire. "Thugaibh an aire ciamar a dh' éisdeas sibh," thubhairt Crìosd, agus tha E ag innseadh mu amaideas na muinntir nach éisd ann a so; agus mu

amaideas na muinntir nach dean faire agus ullachadh.

Bha duine uasal ann a sud aig an robh amadan (mar theireadh iad), agus thug e do'n amadan bata, agus thubhairt e ris—"So dhuibh bata agus 'nuair a chì thu amadan as motha na thu féin thoir dhà e." Ghabh an t-amadan am bata, agus glhléidh se e. An ceann beagan uine, dh'fhàs an duine uasal tinn gu bàs agus chuir e fios air an amadan, a thàinig d'a ionnsuidh. "Tha mise a' falbh," arsa an duine uasal. "C'àite am beil sibh a' dol?" arsa an t-amadan. "O, tha air astar fada," arsa an duine. "Agus an do rinn sibh ullachadh sam bith air son an turuis?" dh'fhèoraich an t-amadan. "Cha do rinn, mo thruaighe," fhreagair an duine mór. "So dhuibh bhur bata, ma tà," arsa an t-amadan; "sibh amadan as motha na mise."

Sin mar a tha. 'S e an duine glic a dh' éisdeas agus a bheir faire. "Is beannaicht an seirbhiseach sin a gheibh a Thighearna, 'nuair a thig e, ri deanamh faire."

* * * * *

Sin, mata, cuid de na h-amadain a tha againn anns an sgrìobtur, agus nach fhaod sinn mar an ceudna a ràdh gur amadain sinn uair sam bith a thà sinn a' cur teagamh ann an comas Crìosd air ar son? Nach amaideach do na deisciobuil féin a bhì fo eagal no fo cheist mu na comasan a tha 'na bheatha agus na bhàs? Nach 'eil sinn a' cheart cho amaideach ris na Sadusaich 'nuair nach creid sinn comasan 'aiseirigh? "O dhaoine amaideach," arsa Crìosd ris an dithis dheisciobul air an t-slighe gu Emmaus, "agus mall chridheach gu creidsinn nan nithean sin uile a labhair na fàidhean! Nach b'èigin do Crìosd na nithean so fhulang, agus dol a steach d'a ghlòir?"

Gluaiseamaid gu faicilleadh, chan ann mar amadain ach mar dhaoine glice, ag ath-cheannach na h-aimsir do bhrìgh gu'm beil na làithean ole, agus biodh ar cuibhrionn againn ann an Crìosd, "cumhachd Dhe, agus gliocas Dhe."

IAIN MACAOIDH, Port-rìgh.

Annas a' Choille Bheithe

THA an sean-fhacal ag ràdh nach bi grinneas le luathas, ach na'n robh uine aig a' ghineil so air sean-fhacail a dheanamh (rud nach 'eil) tha mi an dùil gu'n cuireamiad car eile anns an fhacal agus gu'n abramaid gu'm bi sonas le luathas.

An ceart uair tha a' mhór-chuideachd de shluagh an t-saoghail de'n bheachd gu'm biodh iad sona 'n am faigheadh iad a bhì siubhal air an talamh no anns an adhar cho luath ris na h-eòin. Tha farmad aig na coisichean ris na marcaichean; farmad aig na marcaichean ri luchd nan càraichean; farmad aig luchd nan

càraichean ris an fheadhainn aig a bheil soithichean-adhair; agus iad uile an dùil nach urrainn daoine a bhì sona mur bheil iad a' siubhal gun sgar, agus a' siubhal le luathas na gaoithe.

Ach chan ionnan leam a bhì 'n am shuidhe am fasnadh a' gharraidh so anns a' Choille Bheithe, ag éisdeachd ris na h-uisceagan agus na h-adharcain-luachrach, seach a bhì ann am féar de na càraichean a tha dol seachad air an rathad aig dà fhichead mìle 's an uair. Tha iad uile 'n an cabhaig mar gu'm biodh iad a' dol a shàbhaladh beatha duine a dh' òl puinn-

sean, no a chur as teine, ach ged shaoileadh tu gur e obair na h-éiginn agus na tròcair a chuir gu leithid de luathas iad, tha amharus agam nach 'eil annta ach daoine as diomha-naiche na mi fhéin, ged tha mi 'n am shuidhe gu socrach an tràth-sa, a' gabhail maith na gréine.

Sin rud a tha glé neònach ach rud a chi thu gu tric anns na làithean so, *daoine dìomhaineach agus iad 'n an cabhaig*. Cha chuireadh e iongnadh air bith ort daoine aig a' bheil móran ri dheanamh fhaicinn 'n an cabhaig, ach sin na daoine a tha an diugh a' gabhail an t-saoghail gu réidh, agus is e na daoine a tha 'n an cabhaig an fheadhainn aig nach 'eil dad ri dheanamh, agus a dh' fhaodadh laighe seachd seachduinnean air an leabaidh na'n toilicheadh iad.

Tha a fasan féin aig a h-uile gineal; is e fasan an t-saoghail anns a' ghineal so a bhi air ghluasad gun sgar, a' siubhal sìos is suas. Ach ged nach biodh dad eile 'n a aghaidh ach gur e Satan a thoisich air an fhasan so an toiseach bu leòr sin fhéin 'g a dhìtheadh. An uair a chuir Iehobhah a' cheist air Satan, agus e air e féin a nochdadh gu dalma 'na làthair, "Cia as a thàinig tu," fhreagair Satan, "O imeachd mu'n cuairt air an talamh, agus o shiubhal sìos agus suas air."

Is gasda le Satan daoine a chur 'nan cabhaig, agus an cur gu siubhal, oir tha fhios aige gu'n eim sin iad o bhi smuaineachadh air nithean air nach maith leis daoine a bhi beachdachadh.

Rud eile a tha daoine an dùil a gheibh iad a thuilleadh air sonas le bhi falbh gu luath air cuibhlichean, gliocas. Mur d' fhàg thu riamh an baile no an dùthaich anns an do rugadh tu saoilidh daoine nach robh do shùilean riamh air am fosgladh, agus nach 'eil aithne agad air an t-saoghal no air cridhe mhic an duine mur robh thu uair-eigin thall am Peru no am Mexico. Is aithne dhòmh-sa duine no dhà a bha thall am Peru agus am Mexico, ach ciod air bith a thug iad dhachaidh leò as na h-àitean sin, cha tug iad dhachaidh dad de'n ghliocas, co dhù àn gliocas a tha o shuas.

Is e an seòrsa dhaoine aig a bheil gliocas is tuigse na daoine d' an aithne an cridhe fein. Ma's aithne dhuit do chridhe féin is aithne dhuit an saoghal, agus tuigidh tu cridheachan muinntir Pheru is Mhèxico ged nach deachaidh tu riamh na b' fhaide air falbh na lub a' gheòidh.

Bithidh an fheadhainn a tha dol seachad air

mo dhorus-sa an diugh an Ionar-nis no theagamh aig Tigh-Iain-Ghreòta a nochd fhathast; mu'n tig seachduinn faodaidh iad a bhi anns an Fhraing; as an Fhraing théid iad do'n Eiphit (a dh' fhaicinn na h-uaihe aig Tutankhamen) agus mu'n till iad theagamh gu'n ruig iad Japan, ach an uair a théid iad ceithir thimchioll an t-saoghail agus a chi iad iomadh rud neònach agus a chluinneas iad daoine a' goileamas ann an ceud càin air chuirinn mo gheall nach bi aithne aca air an t-saoghal mar a bha aig duine caomhail nach do rinn móran siubhail ach a chuir seachd a bheatha làimh ri uisgeacha ciùin, a rannsachadh a chridhe féin, an diadhair Newman.

Chan ann le luathas ach le athais a gheibhear gliocas, agus a thaobh sonais, is fheàrr dhuit feitheamh gus an tig e thugad gun iarraidh seach tòiseachadh air a ruagadh ann am motor càr.

* * * * *

Aon fhacal eile m' an sguir mi. Bho chionn greis chuir caraid a bhios a' leughadh nan duilleagan so litir thugam anns an dubhairt e, "*Saoilidh mi gur gann a tha iadsan a bhios a' leughadh na tha thusa a' sgrìobhadh a' faotainn cothrum na Feinne bhuaith. 'C' ar son nach biodh e air a luigheasachadh, co dhù uair 's a bhliadhna, gu'n tugadh iadsan am beachd féin air na smuaintean, na barailean ceàrr is neònach, agus an seamsan, a bhios tusa a' toirt dhuinn fad nan aona mìosa deug.*"

Sin an rud mu dheireadh a chumainn-sa o dhuine air bith, cothrom na Feinne. Tha na duilleagan so fosgailte do dhuine air bith a chuireas a bheachdan thugam, no rud eile a tha aige ri ràdh, co dhù a tha iad a réir m' inntinn féin no nach 'eil, is tha iad fosgaille chan e mhàin aon uair 's a' bhliadhna ach dà uair dheug.

Ach cuimhnichibh nach gabh mi tabhartas air bith de'n t-seòrsa so ach air aon chumha, *gu'm bi an làmh-sgrìobhaidh furasd a leughadh*. Tha daoine diadhaidh am measg phrionntairean cho mhaith 's a tha iad am measg sheòrsachan eile, ach diadhaidh no ain diadhaidh, cha ghnìomh Crìosduidh e sgrìobhadh a chur an làimh prionntair a chuireas gu mionnachadh agus gu mallachadh e leis cho duilich 's a tha e a' leughadh. Sin aon de na nithean a bha an Slànuighear a' ciallachadh an uair a thubhairt e gur an-aoibhinn do'n duine sin troimh an tig oibheum gu duine eile.

As-Creideamh

Tha creideamh aig na h-eòin nach 'eil agad-sa.—SEANN FHACAL.

FEUCH, eòin nan speur tha seinn gu binn,
Gha chuir iad sìol 's cha bhuaibh,
Gidheadh tha Dia a' freasdal daibh
Le choibhneas càrdeil, buan.

An Dia a dh' éisdeas gairm nan eun
'S a chòmhaicheas gach blàth,
Nach solair e do'n Chrìosduidh chaomh
A mhaoin o là gu là,

Ann's a' Chathair

BHO chionn dheich bliadhna bha mi aig Bèruinneachadh mòr ann an Glaschu far an robh ministearan is foirbhich a' cur an comhairle ri chèile mu chraobh-sgaoileadh an t-soisgeil an dithchanna céin. Am measg na feadhnaich a labhair ruinn bha duine beag caol as na h-Innsibh an Ear, an t-Ollamh K. T. Pàl, duine aig an robh ionnsachadh is eòlas an dà shaoghail, an saoghal Siar agus an saoghal Sear.

An uair a dh' éirich e a' labhairt, agus e air a sgeadachadh ann an éideadh a dhùthcha, cha saoilleadh tu mòran de'n duineachan bheag ud, ach m' an do labhair e còig mionaidean dh' fhairich mise nach robh annam féin ach am pàisde ri thaobh, agus m'an do labhair e fichead mionaidean bha fhios agam nach robh anns na diadhairean eile a bha 'n an suidhe ri thaobh ach na pàisdean cuideachd, an coimeas ris.

Am measg nithean eile a thubhairt e ruinn thubhairt e gu bheil na daoine as géire inntinn agus as tuigsiche anns na h-Innsibh an Ear deas gu gabhail ri soisgeul Chrìosd, a réir Chrìosd féin, ach nach gabh iad ris an t-soisgeul, a réir eaglaisean Bhreatainn. Thubhairt e nach e mhàin gu bheil an eaglais an diugh a' fàradh teagasg Chrìosd, ach gu bheil e eu-comasach do mhuintir Albainn is Shasainn teagasg Chrìosd a thuigsinn gus am bi iad air an iompachadh as ùr. Thubhairt e gu bheil an creideamh Chrìosduidh a tha rìoghachdan na h-àird an Iar ag aideachadh an diugh cho fada air falbh bho inntinn agus bho theagasg Chrìosd 's a tha Tuath o Dheas.

A bheil sin fìor? A bheil sinne ann an eaglais na h-Alba cho fada air seachran ann an ceud-thoiseach ar creidimh agus ar diadhaidheachd agus gu'm feum Dia teachdaire a chur thugainn á Ètiopia gus ar treòrachadh air an t-slighe cheart.

Tha a' cheist sin duilich a' freagairt; cha gabh i freagairt ann an aon fhacal, agus cha mhò a bhiodh e freagarrach deasboireachd a dheanamh oirre ann an dòigh aotrum, ach tha e daonnan buannachdail dhuinn sinn féin a cheasnachadh, a dh' fheuchainn a bheil sinn an da-rìreadh a' leantuin Chrìosd.

Air uairean bithidh amharus a' tighinn 'n am inntinn-sa gu robh an t-Ollamh K. T. Pàl ceart; amharus gu bheil sinn a' cur an dreach as toigh leinn féin air teagasg Chrìosd, agus nach 'eil anns an t-seòrsa diadhaidheachd anns a bheil a' mhòr-chuideachd an diugh a' creidsinn ach aithlis no atharrais air a theagasg.

An dà inntinn

Chan 'eil inntinn Chrìosd agus na beachdan a tha aig na miltean de dhaoine a tha 'n am

buill 'n a eaglais a' comh-chòrdadh idir a thaobh fichead rud a bhuineas do'n bheatha dhiadhaidh.

A réir teagasg Chrìosd chan 'eil ach aon chumbachd ann a gheibh buaidh thairis air olc is aingidheachd an t-saoghail, cumhachd a' ghràidh agus a' mhacantaìs, ach chan e mhàin nach 'eil an saoghal 'ga chreidsinn sin ach chan 'eil an eaglais 'ga chreidsinn. Is fheàrr leatha earbsadh á ceart a chlàidheimh na ann an cumhachd na ciùine.

A réir teagasg Chrìosd tha cumhachd gun cheann gun chrìoch ann an ùrnuigh; fosglaidh ùrnuigh uinneagan nan nèamhan is nithear miorbhuilean leatha, ach is fheàrr leinn an diugh éisdeachd ris na tha an luchd-ealadhain ag ràdh mu ùrnuigh na ris na thubhairt Chrìosd. Tha an dara leth de na h-ùrnuighean a chuirear suas ri Dia air an cur suas agus gun dùil ri freagairt.

A réir teagasg Chrìosd tha na h-uile dhaoine ann an cunnart gu spioradail a chionn gu bheil am mealltair no an diabhol 'ga am buaireadh, ach an diugh their na balaich bheaga riut nach 'eil Satan ann. Agus c'àite an cuala na balaich bheaga sin mur cual iad e o'n aithrichean?

Tha na rabhaidhean a thug Chrìosd do dhaoine, gu'n cuir airgid agus gaol an airgid daoine air seachran o Dhia, air an sgrìobhadh anns an 'Tiomnadh Nuadh mar g'um biodh iad air an sgrìobhadh an litrichean teine, ach is e airgid fhaotainn, agus gu leòir dheth, a' chrìoch àraidh a tha aig a' mhòr-chuideachd de Chrìosduidhean anns an t-saoghal.

A réir teagasg Chrìosd tha cumhachd sgrìosail anns a' pheacadh; is e am peacadh an nàmhaid air am feum duine a bhi 'n a earalas gun sgar; nì a tha cho gràineil le Dia 's gu bheil corruich eagallach air a dhùsgadh ann 'n a aghaidh, ach nì daoine bòilich an diugh nach 'eil am peacanna a' cur dragh air bith orra, no 'ga an cumail mionaide o chadal.

A réir teagasg Chrìosd is an-aobhinn do'n duine a dhiùltas tairgse an t-soisgeil agus a leigeas le là nan gràs dol seachad gun aithreachas a dheanamh; is an-aobhinn dha ann an là a' bhreitheanais, ach an diugh is ann glé annam a chluinnear iomradh air là a' bhreitheanais idir, no air truaighe shiorruidh. Ma tha duine car deusanta 'n a ghiùlan, 'n a dhuine coibhneil, is 'n a choimhearsnach maith, thatar an dùil gu bheil e 'n a Chrìosduidh agus gu'n téid e do nèamh, co dhiù a tha Dia 'n a smuaintean no nach 'eil.

An Saoghal agus Chrìosd

Chan 'eil an saoghal an diugh a' cothachadh an aghaidh Chrìosd no 'ga àicheadh; chan 'eil

an saoghal a' deanamh geur-leanmhuinn air Criosd, no air a shluagh, no air 'eaglais; chan 'eil idir. Tha an saoghal ag aideachadh Chriosd; ag aideachadh gur h-esan Mac Dhe; ag aideachadh nach do labhair neach eile riamh leis an tighdarras leis an do labhair e; ag aideachadh gur ann aige a tha briathran na beatha maireannaich. Tha an saoghal a' deanamh sin gun teagamh; ach ma tha, is e an Criosd a tha e ag aideachadh Criosd air an do chuir e a dhreach féin. Tha an saoghal a' gabhail ri cuid de theagasg Chriosd, ach a' deanamh dearmaid air a' chuid as motha dheth, air chor agus bheil eadhon a' chuid sin ris a bheil e a' gabhail air fhiaradh agus air athar-rachadh gus nach 'eil iomhaigh Chriosd air idir, ach iomhaigh an t-saoghail féin. Tha daoine a' fiaradh teagasg Chriosd a chionn gur toigh leò a' bheatha dhiadhaidh a dheanamh na 's fhasa dhaibh féin na tha i, agus a chionn nach toigh leò an spàirn spioradail sin a dheanamh a tha Criosd ag iarraidh orra. Bu mhaith leò dol a steach do rìoghachd Dhe gun bhi aca ri dol troimh gheata cumhann, no gun chuing air bith a ghiùlan, no gun chruadal fhulang, no gun stri a dheanamh. Sin an soisgeul a tha dhith air daoine an diugh; tha iad ag iarraidh air an eaglais an rathad as giorra gu nèamh a nochdadh dhaibh; frith-rathad gu gliocas, gu sìth Dhé, gu naomhachd. Ach sin trì cinn-uidhe nach do ràinig duine riamh le frith-rathad a ghabhail, agus nach ruig gu bràth.

Cuing na diadhaidheachd

Am measg nan aithrichean a labhair ruinn anns na làithean deireannach so tha dithis ann gu sònruichte nach d'thug gnùis riamh do'n teagasg, gur rud furasd a tha ann do dhuine a bhì 'n a Chriosduidh, Cardinal Newman agus an t-Ollamh Alasdair Mac 'Ille Bhàin nach maireann. Ged is fhada o chéile eaglais mhór

na Roimhe agus eaglais Shaor na h-Alba bha Cardinal Newman agus an t-Ollamh Mac 'Ille Bhàin 'n am fìor bhràithrean anns a' cheum so, gu'm b'aithne dhaibh plàigh an cridhe féin, agus gu'm b'aithne dhaibh cumhachd eagallach a' pheacaidh, agus gu robh iad ag éigheach an cluasan an luchd-éisdeachd gun sgur gur ann le spàirn chruaidh a théid neach air bith a theàrnadh.

Chan e mhàin gur e cogadh naomh a tha anns a' bheatha dhiadhaidh ach cogadh buan mar an ceudna; feumaidh iadsan a bhios air an teàrnadh ùrnuigh a dheanamh gun sgur, iad féin a smachdachadh gun sgur, agus toil na feòla a cheusadh a h-uile latha. Chan 'eil agam ach mo shùilean a dhùnadh is saoilidh mi gu bheil mi a' cluinntinn guth Alasdair Mhic 'Ille Bhàin a' cur impidh air na naoimh a bhi faicilleach air eagal gu'n tugadh iad thairis agus nach buanaicheadh iad anns a' chogadh naomh so! Ach cò an diugh a tha ag éigheach nan nithean sin? Thatar ag éigheach Sìth, Sìth, agus gun Sìth ann; thatar ag éigheach gu bheil an geata farsuinn agus an t-slighe réidh, ged thubhairt Criosd gu bheil iad cumhann is duilich. Theagamh gur e so a bha an duine ud as na h-Innsibh an Ear a' ciallachadh an uair a thubhairt e gu robh sinn a' fiaradh teagasg Chriosd; nach ruig duine air sìth Dhe no air rùn-diomhair an Tighearna gun an fheadil a smachdachadh agus toil na feòla a cheusadh.

Is cumhann an dorus, agus is aimh-leathann an t-slighe a tha treòrachadh chum na beatha, agus is tearc iad a tha ag amas oirre; ach is farsuinn an dorus, agus is leathann an t-slighe a tha treòrachadh gu sgrios, agus is bonnhor iad a tha dol a steach oirre.

Ma bheir do làmh no do chas aobhar oibhheim dhuit, gearr dhìot iad; is feàrr dhuit dol a steach do'n bheatha air leth-làimh no air leth-chois, na dà làmh no dà chois a bhì agad, agus a bhì air do thilgeadh ann an ifrinn.

Aig an Uinneig

Facaill Ghàidhlig

AIG toiseach na bliadhna dh' iarr mi air Aluchd-leughaidh nan duilleagan so feuchainn ri Gàidhlig a chur air pasgan de fhacaill Bheurla a thug mi dhaibh; anns an àireamh so bu mhaith leam pasgan eile a thoirt dhaibh; *efficiency; nerves; stunt; veneer; space; vegetarian; missionary; pacifist; frying-pan; degree (university); flapper; cheque; cynic; optimist; genteel; propaganda; steam-engine; myth; fable; theatre; carpet; bore; cant; chaffinch. blood pressure.*

Chan 'eil na facaill sin air an taghadh a chionn

gu bheil iad duilich; tha mi 'g an cur sìos mar a thàinig iad 'n am cheann, gun smuaineachadh orra roimh làimh; facaill a tha air a bilean a h-uile latha am Beurla.

Ann am fear de leabhraichean an fhìr nach maireann, Edgar Wallace, tha e air a ràdh, *The mysterious blonde, ensconced luxuriously in furs in a first-class railway carriage, was approached by an Inspector of police, accompanied by the Station-master and the guard and a ticket collector.* Bhith-inn an comain duine air bith a chuireadh so thugam an Gàidhlig, mar gu'm biodh e air inn-seadh le fear de mhuinntir Chille-sgumain a chunnaic an rud. Aig an àm so de'n bhliadhna

chan 'eil na h-orainsearan maith co dhiu ; mar sin cha gheall mi orainsear, ach bheir mi leabhar do'n duine a chuireas thugam an obair as fheàrr. Is theagamh gu'm faigh an obair as miosa duais cuideachd, ged nach biodh ann ach *curran*.

Sìobhaltachd eadar eaglaisean

Air duilleig eile tha iomradh air a dheanamh air Seanadh na bliadhna so, ach ged nach robh mise aig an t-Seanadh, bu mhaith leam a ràdh air an duilleig so ciod a tha eaglais na h-Alba a' ciallachadh le bhì dol an seachas ris an eaglais Shasunnaich mu nithean a bhuineas d'am beatha agus d'an obair le chèile.

Labhair mòran dhaoine 'n an cabhaig air a' chùis so, mar rinn an salmadair, ach tha iad a nis a' faicinn nach 'eil aobhar air bith eagal a bhì orra gu bheil eaglais na h-Alba a' gluasad air falbh o phrionnsipalan an Ath-leasachaidh, no a' call a gaol air a' mhodh-riaghlaidh a tha aice o chionn nan ceudan bliadhna agus air a bheil i air a stéidheachadh. A thaobh nan nithean sin, tha, is bithidh, eaglais na h-Alba mar bha i riamh. Ach tha eaglais na h-Alba ag aideachadh gur còir do gach meur de'n eaglais Chriosduidh a chèile aideachadh mar bhuill anns an eaglais Choitichinn, agus aon-achd is bràithreachas is co-chomunn spioradail a bhì eatorra am fianuis an t-saoghail. An uair a dh' iarr na h-easbuigean a bha cruinn an Lunnainn o chionn bhliadhnachan air an eaglais againne an coinneachadh gu bhì sealltuinn thairis air na ceistean a tha ag éirigh eadar an dà bhuidheann cha bhiodh e aon chuid sìobhalta no glie do dh'eaglais na h-Alba an cuireadh sin a dhiùltadh. Chuir i dàil anns a' ghnòthuch gus an d' fhuair i cùisean eile a bha aice air làimh a shocruchadh ; ach a nis tha i deas is tha i toileach diadhairean na h-eaglais Shasunnaich a choinneachadh agus reusonachadh riu mu phuingean creidimh agus mu gach ceist eile a bhuineas do bheatha, no do smachd, no do riaghladh eaglais.

Mur biodh i deas agus mur biodh i toileach air so a dheanamh bhiodh sin 'na chomharradh nach 'eil earbsa aice aise de féin, agus gu bheil eagal oirre gu bheil na bunaitean aice cho neosheasmhach 's nach b' urrainn i a taobh féin a sheasamh ann an argumaid. Cha bhiodh an sin ach gealtachd is cladhaireachd ; cò eile o cheann gu ceann a dh'Albainn an diugh, anns na h-eaglaisean beaga cho mhaith ris an eaglais mhóir, a tha 'n am puist làidir do'n chreideamh Phròstanach agus do eaglais Chléireachail air n-aithrichean mur bheil na diadhairean so ; an t-Ollamh H. R. Mac-an-Tòisich, ceann-suidhe an t-Seanaidh ; an t-Ollamh Alasdair Màrtainn, ceann-suidhe a' Chollaiste an Dunéideann ; an t-Ollamh D. S. Cairns, ceann-suidhe a' Chollaiste an Obar-dheathain ; an t-Ollamh Iain Whyte ;

an t-Ollamh Uilleam A. Curtis ; agus am Morair Sands. Sin na daoine a chuireadh air leth gu dol an seachas ri maithhean na h-eaglais eile, is faodar an ghnòthuch fhàgail 'n an làmhan le làn-earbsa 'n an gliocas.

Spleadhraich an Cille-sgumain

Tha fada o nach d' fhuair mi litir o mheana bhana-charaid, Seonaid Eachainn, ach sgrìobh i thugam an là roimhe a dh' innsadh dhomh gu bheil latha mòr ri bhì aig an Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., uair-eigin anns an fhoghar. Fhuair e mach ann an àite air chor-eigin gur ann air an Naomh Sguman a tha an eaglais air a h-ainmeachadh, agus gur e Sguman a' cheud fhear a thòisich air taomadh bhàtaichean. Cha luaithe a dh'innis e so do'n Mharsanta agus do Thom Elliot (fear an tighe òsda) na thubhairt an dithis sin gu'm bu chòir do Chille-sgumain cuimhne a chumail air an Naomh ; gu robh bailtean is sgìreachdan eile 'g a dheanamh ; gu robhtar 'a cumail cuimhne air Calum-cille an I agus air Ninian an Whithorn ; gu robh sin a' toirt mòran dhaoine á Glaschu agus á Dunéideann thuca, agus gu'm biodh e maith do Chille-sgumain coigrich is Sasunnaich a thighinn ann a chosd an airgid.

Sin mar a thòisich an rud ach tha Seonaid Eachainn ag ràdh nach 'eil fhios aig duine fhathast c'àite an sguir e ; tha uiread dhaoine air son làmh a bhì eaca ann, agus a' feuchainn ri smuaineachadh air ni-eigin ùr is neònach air nach do smuainich duine eile. Is e bean a' bhancair a smuainich an toiseach air na h-iasgairean a chur ann an *ranc*, agus taoman an làimh gach fir. Thug so a' ghaoth as na siùil aig bean a' bhàillidh, ach cha do rinn e i ach na bu diorrasaiche gu'm biodh i suas ris an té eile, agus gu'm biodh a h-àite agus a spleadhar féin aice anns an spleadhraich.

Gus am faigh iad a mach e o'n Ollamh Mac Bhatair an Dunéideann, chan 'eil fhios aca ciod an là is còir dhaibh Sguman a chuimhneachadh, ach co dhìu tha là mòr ri bhì eaca ; tha Moderàtor na h-eaglais ri bhì ann ; an Còirneal agus bean à Chòirneil ; Sir Ioctan Iehu aig a bheil frith nam fiadh air mhàl, agus a bhean ; Ceann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich agus maith-ean eile air nach robh cuimhne aig Seonaid Eachainn.

Tha na h-iasgairean, agus taoman an làimh gach fir ; Boy Scouts agus am maighstir-sgoil air an ceann ; Girl Guides agus ogha a' Mharsanta Ruaidh air an ceann ; muintir an W. R. I. ; na foirbhich agus an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D.,—tha iad uile a' dol a mheàrrsadh gu *Clach-chuimhne a' chogaidh*, far am bhì fear-dhealbh as an Oban a' feitheamh orra gus an dealbh a tharruing. An uair a bhios sin ullamh bithidh fùraichean a bhios air an deanamh suas air chumadh *sgumain*

air an cur air *Clach-chuimhne a' chogaidh* le bean a' Chòirneil; bheir an Còirneal agus Sir Ioctan Iehu oraidean do'n chuideachd (ach chan ann mu na naoimh); aithrisidh am maighstir-sgoil agus seinnidh a' chuideachd uile na rannan a rinn Mac Mhaighstir Alasdair mu thaomadh birlinn Thighearna Chlann-Raonuill,

*Freasdladh air leabaidh na taoime,
Laoch bhios fuasgailt',*

Nach fannaich gu bràth's nach tiomaich,
Le gàir chuainteàn;

Le *sguman* mór cruinn tiugh fiodha
'Na chiar dhòidibh.

An sin beannaichidh am Moderator Sguman, agus *Clach-chuimhne a' Chogaidh*, agus a' chuideachd uile, agus glaothaidh na Scouts *Ho-ré*.

Ard-sheanadh na h-eaglais

BHA mise aig Ard-sheanadh na h-eaglais am bliadhna ach bha mi ann mar a bhithas na h-Americanais aig Geneva, mar fhear-faire. Bha mi am shuidhe agus mi ag éisdeachd gun chead-labhairt no guth-taghadh. Mar so bha mi a' falbh agus a' tighinn mar a thograinn féin.

Ciod e do bheachd air Ard-sheanadh na bliadhna so? Chan 'eil e furasda breith a thoirt ann am beagan bhriathran air pàrlamaid mhór na cléir, ach ann am bheachd-sa bha gliocas agus eud diadhaidh a' comharrachadh gach là.

Bha Sir Iain, tighearna Lus, ann an àite an rìgh a' cur fàilte air eaglais na h-Alba. Chan 'eil an rìgh a' tagar còir thairis air an eaglais, ach chuir e Sir Iain do Dhunéideann mar fhianuis gu bheil an eaglais agus a teachdair-eachd a' neartachadh agus a' brosnuchadh na rìoghachd ann an nithean a bhùineas ri ceartas agus sìth agus deadh bheus an t-sluaigh. Choisinn Sir Iain cliù agus gràdh nan uile. Mar fhìor Albannach, mar shaighdear duineil, mar shàr dhuin-uasal, agus mar fhoirfeach ann an seirbhis na h-eaglais, chuir sinn furan agus fàite air mar a thoil e.

Ann an eaglais na h-Alba tha diadhairean urramach lionmhor, ach tha an t-Ollamh H. R. Mac-an-Tòisich urramach am measg nan urramach. Ged is mór fhoghlum tha e laidhe air cho eutrom ri lion an damhain-callaidh. Is maith an àirdh e air an dreuchd àrd a dh'ionnsuidh an do ghairmeadh e. Bha e foighidinneach agus fuireachail anns a' chathair, agus gu ciùin cinnteach thug e cothrom agus ceartas do gach neach.

Bha seachd ceud deng, ministerean agus foirfich, air ùrlar an talla agus àireamh mhór air na lobhtachan a bha a' cuartachadh an tigh-comhairle. Na'n do labhair an dara leth de na bha a làthair bhiodh pàrlamaid na h-eaglais cruinn fad shé seachdùinnean, ach chan 'eil ach àireamh bheag a thogas an guth. Tha peasain am measg na cléir mar ann am measg dhaoine eile, agus is tric a chualas an seòrsa sin a' bruidhinn ged nach robh gliocas no eadhon tìr

'nan caint. Ach am bliadhna cha robh an cogull idir a' tacadh a' chruinneachd. Bha rud-eigin a b' fhiach a ràdh aig gach neach a thog a ghùth. Gun teagamh, cha bu mhisid òraid no dhà an giorrachadh, ach an uair a tha ceistean cudthromach ri'n rannsachadh is fheàrr aon fhear-labhairt le chridhe agus inntinn air an làsadh le gràdh do Dhia agus do dhaoine na móran nach do smuaintich roimh làimh air cuspairean móra sòluinte na rìoghachd.

Tha dà thaobh air a' Mhaoil agus tha dà thaobh air an eaglais. Cha tig soirbheachadh spioradail gu bràth le mór bheartas, ach air an làimh eile, cha dean an eaglais feum gun air-gìod agus as eugmhais airgid bitidh obair na h-eaglais a' fannachadh anns an rìoghachd so agus anns na tìrean fad as far a bheil seirbhisich na h-eaglais a' searmonachadh teachdaireachd an àigh do shluagh borb aincolach.

Tha cuid air an toirt a suas cho mór do chruinneachadh airgid 's gu bheil iad ann an cunnart a bhi dìchuimhneachadh aobhar Chrìosd agus leas spioradail dhaoine. Tha cuid eile a chuireas cùisean aimsireil na h-eaglais ann an suarachas agus a ghabhas obair os làimh gun smuain air cosdus. Chan 'eil e furasda an dà thaobh a thoirt còmhla ach ann am bheachd-sa fhuair an dà thaobh an àite dligheach aig àrd-sheanadh na bliadhna so.

Thàinig ceist no dhà mu choinneamh na h-eaglais a thog deasboireachd agus a dhuìsg connsachadh. Mar is tric a thachras, tha e na's fhasa ceist fhosgladh na dhùnadh. Is ann de'n t-seòrsa so iarrtas nam bán an cur air an aon bhonn ann an dreuchd na ministrealachd ris na fir. Dh'èirich a' cheist so o chionn bliadhna, agus dh'arr àrd-sheanadh na bliadhna an uiridh air buidhean bheag de dhiadhairean urramach am beachd a thoirt seachad am bliadhna. Rannsaich agus chnuasaich na diadhairean sin a' cheist, ach ged chaidh an Tiomnadh Nuadh agus eachdraidh na h-eaglais a sgrùdadh, tha amharus agam nach robh na sgoilearan urramach aon-sgeulach nu'n chùis.

Bheireadh iad uile àite do na mnathan aig bòrd-riaghlaidh cùisean aimsireil na h-eaglais

agus, ged nach robh iad cho cinnteach 'nam beachd, cha diùltadh iad dreuchd nam foirfeach do na mnathan.

Is e dorsan na cùbaid fhosgladh dhaibh prìomh iartas nam ban, ach cha d'fhàinig a' cheist so air beulaibh nan diadhairean fhathast agus bhithheadh e freagarrach 'nam beachd-san, gu'n tugadh cùrtean na cléir feadh na dùthcha, agus comuinn nam ban féin, am beachd air a' chùis. Bha ionnsachadh agus grinneas cainnte air óraid Professor Main ach cha b'urrainn dha a chleith gu robh atharrachadh beachd am measg nan diadhairean. Leag an t-àrd-sheanadh mar dhleasdanas orra a' cheist a rannsachadh a rithisd agus am beachd a thoirt seachad an ath bhliadhna. Is i so aon de na ceistean a dhùisgeadh agus chan fhaigh i cadal gus am fuasglar i. Is i crìoch àraidh gach neach Dia a ghlorachadh agus a mhealltainn ach is iomadh dòigh anns am faod sinn Dia a ghlòrachadh. A bheil sinn a' giorrachadh làmh an Tighearna le bhi diùltadh dreuchd na ministrealachd do na mnathan? An e dreuchd àrd agus urramach nam mnathan a bhi 'nam màthraichean, agus an urrainn daibh dleasdanas na dreuchd so a chomhlionadh mar mhinistirean air cheann coimhthionail? Fòghnaidh dhuinn ceist no dhà mar so a thogail a leigeadh ris gu bheil foighidinn feumail, agus gur e gliocas na h-eaglais feitheamh gu réidh air stiùradh an spioraid Naomh.

Thug Professor Curtis cuspair eile mu choinneamh an àrd-sheanaidh, a dhùisg iomaguin ann an inntinn mhóran.

Thug na h-eaglaisean easbuigeach cuireadh

do dh'eaglais na h-Alba an coinneachadh ann an cruinneachadh càirdeil agus an comhairle a chur ri chéile feuch an neartaich iad a chéile agus an labhair iad ri nàimhdean a' chreidimh le aon ghuth. Na'n robh dùil no fiughair aig na h-eaglaisean easbuigeach gu'n tionndadh iad muinntir Albainn fo'n eaglais chléirich b' fheàrr stad a chur air a' ghnòthuch tràth, ach tha an eaglais chléireach air a freumbachadh ann an cridheachan ar luchd-dùthcha, agus chan 'eil àrd-easbuig Chanterbury cho aineolach air eaglais na h-Alba agus gu'n iarr e oirre a cùlthaobh a thionndadh air a h-eachdraidh féin. Gleidheadh Sasunn a h-eaglais easbuigeach féin ach ghleidhidh sinne ann an Albainn ar n-eaglais chléireach féin.

Ann an coinneamh sam bith faodaidh sinn a bhi cinnteach gun seas diadhairean Albainn an làrach agus nach géill iad do na Sasunnaich. Bhiodh e car leibideach cuireadh càirdeil eaglais Chrìosduidh sam bith a dhìultadh, agus faodaidh sinn cead a thoirt do mhaithéan na h-eaglais coinneamh a thoirt do na Sasunnaich gun iomagain sam bith gu'm bi iad air an tàladh fo eaglais ar n-athraichean. Tha nàimhdean a' chreidimh Chrìosduidh làidir agus lionmhor anns an linn so, agus is e gliocas gach meur a chéile a neartachadh chum agus gu'n till iad na tuitéan oillteil a tha maoidheadh an creideamh Chrìosduidh a sgrios.

Bha iomadh ni eile air am faodainn cunntas a thoirt ach is leòir so aig an àm.

*An t-Urramach Colla Dòmhnallach,
Sgir Lagan Mo-Choid.*

An t-Urramach Alasdair Mac Ghilleathain, M.A.

THAINIG call mór air eaglais na h-Alba le bàs Alasdair Mhic Ghilleathain, ministear na h-eaglais a tha air sràid a' Chaisteil, an Ionar-pheofharan.

So naigheachd bhrònach ris nach robh dùil no fiughair aig duine d'a chàirdean, oir cha robh ann ach duine òg, duine mór làidir cuideachd air an robh a choslas a bhi ann an deagh shlàinte.

Ged nach robh eòlas fada agam-sa air Alasdair Mac Ghilleathain bha meas mór agam air; theòigh mo chridhe ris o'n cheud là a shuidh sinn còmhla ann an eaglais ùr na h-Alba, air a' Chomunn a tha sealltainn thairis air cùisean na h-eaglais anns a' Ghàidhealtachd agus anns na h-eileanan. Bha e 'na dhuine còir agus 'na dhuine glic; ciùin 'na dhòighean agus furasda gnothuch a dheanamh ris, oir cha robh

a leithid de ni agus cumhannachd, no féinealachd, no dìomhanas ann, no idir idir gaol air e fhéin a chur air thoiseach. Bha e 'na mhinistear maith agus 'na shearmonaiche maith; bha gaol air anns a h-uile coimhthional anns an do shaothraich e riamh, oir bha dreach is blas na diadhaidheachd air a bhriathran agus air a bheatha.

Na'n robh ùine air sin a dheanamh dh' iarrainn air duine-eigin d'a bhràithean ann an Cléir Ionar-pheotharan sgrìobhadh uime, ach thàinig naigheachd a bhàis an uair a bha na duilleagan so ann an làmhnan a' phrionntair cheana. Ach cha bu mhaith leam gu'n rachadh an àireamh so a mach gun iomradh ann air bàs an duine ghaolaich, ministear cho mhaith 's a bha anns a' Ghàidhealtachd air fad.



Tabhartas-Gaoil

An sin ghabh Muire punnd a dh' ola spicnaird, ro luachmhor, agus dh' ung i casan Iosa, agus thiormaich i a chasan le a falt : agus lionadh an tigh le fàile na h-ola.—Eòin, xii. 3.

AN uair a thàinig Iosa gu Betani, agus e air a' cheum gu Ierusalem, a' dol a dh' ionnsuidh naa àisge, nochd sluagh a' bhaile bhig sin, an dà chuid, urram is coibhneas dha. "A nis bha na h-àrd-shagartan agus na Phairisich air toirt àithne, na'm boidh fhios aig neach air bith c' àite an robh e, gu'n innseadh e e, a chum gu'n glacadh iad e" (Eòin xi. 57). Ma chuala nuinntir Bhetani gu robh airgid-fala air a chur air a cheann cha do bhrath iad e. Ghabh iad ris gu furanach oir bha cuimhne aca air an obair mhìorbhuileach a rinn e 'nam measg, an uair a thug e Lasarus air ais o'n uaigh. Cha bu mhaith leò làmh a chur 'na bheatha, oir a thuilleadh air gu robh meas is gaol aig mòran dhiubh air, chuir a chumhachd fiamh air na h-uile.

Rinn Simon, an lobhar, cuirm dha an oidhche a bha e anns a' bhaile. Ged nach 'eil na soisgeulaichean ag innseadh sin dhuinn, faodaidh e bhith gu'm b'e Simon fear de na creuchdaich air an do rinn e trècair uair-eigin roimhe so. Ma bha sin mar sin bha e freagarrach do Shimon a bheatha a dheanamh agus buidheachas a thoirt dha an uair a thàinig e do'n bhaile.

B'e Lasarus fear de na h-aoiighean agus bha Marta, mar a b' àbhaist, a' frithealadh. Bha Muire ann cuideachd, ach ged nach do shuidh i aig a' bhìadh maille ris (chan fhaodadh boirionnach sin a dheanamh), agus ged nach robh i a' frithealadh còmhla ri Marta, is e ise a chuir a' chlach-mhullaich air an tabhartas-gaoil a thugadh do'n t-Slànuighear an oidhche ud. "Gu deimhin tha mi ag ràdh ruibh, C'àite air bith am bi an soisgeul so air a shearmanachadh air feadh an t-saoghail uile, aithrisear mar an ceudna an ni a rinn a' bhean so, mar chuimhneachan oirre (MATA, xxvi. 13).

Gun chead iarraidh chaidh i far an robh Iosa 'na shuidhe aig a' bhòrd, is dhòirt i an òla spicnaird air a chasan, agus thiormaich i a chasan le a falt. Chuir an rud a rinn i iongantais air a' chuideachd; ach bu choma le Muire ciod a theireadh no shaoileadh iad, oir chuir i roimhe gu nochdadh i a gràdh 's a h-urram do'n t-Slànuighear chaomh a leighis a cridhe agus a dh' aigis air ais dhi a h-anam an latha a sheas i 'na làthair, 'na h-aithreachan truagh.

Bha na deisciobuil diombach. Tha an t-abstol Eòin a' cur na coire air Iudas, agus a' cur as a leth nach e jdir gaol nam bochd ach gaol an airgid a thug air achmhasan a thoirt do Mhuire

air son a h-ana-caitheamh. "Thubhairt e so chan ann a chionn gu robh suim aige do na bochdan : ach a chionn gu'm bu ghadaiche e, agus gu robh an sporan aige, agus gu'n d' thug e leis na nithean a chuireadh ann" (Eòin, xii. 6).

Ach tha na soisgeulaichean eile ag ràdh gu robh càch diombach cho mhaith ri Iudas. Theagamh gu robh na deisciobuil uile a dh' aon inntinn a thaobh ana-caitheamh Muire, ach gur e Iudas a mhàin a labhair na bha stigh aige. Droch Iudas : a' faotainn coire do'n bhoirionnach chaomhail a dh' ung na casan naomh le gaol a bu luachmhoire na ola, agus a féin air bheul a dhol ann an co-bheinn ris ne h-àrd-shagartan gus tàirngean a chur annta.

"C'ar son nach do reiceadh an ola so air trì cheud peighinn, agus nach tugadh do na bochdan i." Cha robh am facal so as an rathad ann an aon seadh, agus cha d' thubhairt Iosa ri Iudas gu'm b' olc a labhair e. Na'n do chuir Muire 'na chead e : na'n d' fheòraich i dheth cò dhùibh a b' fheàrr leis an ola a bhì air a reic gus cobhair a dheanamh air na bochdan no i bhì air a dòrtadh air a chasan féin, faodaidh sinn a bhì cinnteach gur e theireadh e, Reic an ola agus thoir an t-airgid do na bochdan. Cha d' iarr esan a ghlòir féin riamh ; cha b' ann a chum gu'n deantadh frithealadh dha a thàinig e do'n t-saoghail ach a chum frithealadh a dheanamh do dhaoine eile. B'e sin a bhìadh 's a dheoch ; ghiùlain e mach 'na bheatha am facal a labhair e aon uair. "Tha e na's bean-naichte tabhairt na gabhail" (ΓΙΟΥΜΗ xx. 35).

Ach cha do chuir Muire an rud 'na chead, agus a nis, an uair a thòisich càch air coire fhaotainn dhi air son a h-ana-caitheamh, ghabh e a taobh agus cha leigeadh e leò a dìteadh. Bu léir dha a cridhe agus bha fhios aige gur e meud a gràidh dha féin a thug oirre a dheanamh. B' urrainn Muire na briathran so a ghabhail air a bilean mar chainnt a cridhe féin,

Ged a bu leam air fhad an saogh'l,

Bu thiodhlac e gu tur ro chrìon ;

Bu neo-ni truagh mar dhìol d'a ghaol.

Mo bheatha, m'anam, is gach sìon.

"Tha na bochdan agaibh a ghnàth maille ruibh, ach chan 'eil mise agaibh a ghnàth." Mar gu'n abradh e, Ma tha thusa, Iudais, bàigheil ris na bochdan gheibh thu cothrom gu leòr 'na dhéidh so coibhneas a nochdadh dhaibh, ach chan fhada tuilleadh a bhios an cothrom agaibh 'ur gràdh a nochdadh dhomh-sa, oir tha m' uair air teachd." Mar sin cha leigeadh e leis buille

a chur air Muire, oir bha a gràdh agus a dilseachd 'na aoibhneas d'a anam anns an t-saoghal fhuar anns an do rinn e a chòmhnuidh, agus anns an dorchadas a bha nis ag iathadh uime.

Foadar a bhi cinnteach nach bu chall do na bochdan an rud a rinn Muire, oir tha fiosrachadh ar beatha a' teagasg dhuinn nach e idir na daoine a bheir an tabhartasan do Dhia agus d'a sheirbhis a chumas air ais an cuibhrionn o na bochdan. Is e leithidean Muire a bha riamh bàigheil is coibhneil ri truaghain an t-saoghail so, oir far a bheil gràdh do Chrìosd, an sin bidh suim do na bochdan mar an ceudna. A dh' aindeòin briathran atmhòr Iudais cha robh diol-déirece eadar Ierusalem agus Betani aig nach robh fhios glé mhaith gu'm faigheadh iad iochd is cuideachadh o Mhuire nach faigheadh iad o Iudas, agus gur h-ann thuice a b' fheàrr dhaibh dol le an gearan. Agus is ann mar a bha a tha fhathast. Cha chreach an diadhaidheachd an déire.

Cia mar a b' urrainn Iosa Muire a chronachadh agus e féin suidhichte a' cheart rud a rinn ise a dheanamh? Nach do bhris esan a chorp a bha na bu luachmhoire na bocsa alabastair, agus nach do dhòirt e fhuil a bha na bu phriseile na ola spicnaird, a chionn gu' robh a chridhe a' cur thairis le gràdh? “Leigibh leatha.” thubhairt e, “dh' ung i roimh làimh mo chorp-sa chum adhlacaidh.”

Theagamh nach d' thàinig e an cridhe Muire gu robh i a' deanamh na seirbhis dheireannaich sin dha; theagamh nach robh a bhàs idir fa chomhair a h-inntinn aig an àm; ach bha e fad na h-ùine fa chomhair inntinn Iosa féin agus chunnaic e ann an tabhartas Muire samhldadh air an tabhartas a bha e dol a thabhairt air Calbhari. Is e so a bha 'na inntinn an uair a thubhairt e, “C'àite air bi am bi an soisgeul air a shearmonachadh air feadh an t-saoghail uile, aithrisear mar an ceudna an ni a rinn a' bhean so.” Mar gu'n abradh e, gu robh spiorad an t-soisgeil air a shamhlachadh cho cothromach anns an obair-ghaoil a rinn i 's gu'n uisnicheadh searmonaichean an gnìomh ud gu bràth a chum solus a chur air iobairt Chalbhari agus air obair na slàinte.

An rud a thubhairt Chrìosd thachair e. Ged bha na deisciobuil diombach an toiseach chunnaic iad an uime ghoirid gu robh iad ceàrr, agus mheas iad gu'm b' fhiach gnìomh Muire iomradh a dheanamh air ann an leabhraichean

an t-soisgeil. Agus gach uair a leughar no labhrar uime tha fhàile cùbraidh a' cumail beò spiorad na diadhaidheachd anns an t-saoghal, agus a' togail inntinnean dhaoine gu gràdh as motha na gràdh Muire, eadhon gràdh an t-Slànuigheir nach do mheas gu'm b' anacaitheamh e a chorp naomh a bhriseadh agus fhuil luachmhor a dhòrtadh an éiric a bhràithrean.

Is e gràdh do Chrìosd fìor chomharradh na diadhaidheachd. Cha robh Muire iomlan no gun iomadh fàillinn, ach chuir a gràdh falach orra uile. Tha e soilleir gu'n do chòrd an rud a rinn i ri Chrìosd, agus ged bha e ann an aon seadh gun fheum, bu léir dhàsan an gràdh a bha 'na cridhe, agus a réir a gràidh thug e breith oirre. Dh' aidich e i am fianuis chàich mar neach a rinn obair mhaith, agus mar neach anns an robh fìor spiorad an t-soisgeil. Is e an gràdh so toiseach, is meadhon, is deireadh na diadhaidheachd. Tha e na's fheàrr na teangaidean, na's fheàrr na fàidheadaireachd, na's fheàrr na gach uile eòlas. Chaidh Iudas truagh d'a àite féin a chionn nach do ghràdhaich e an Tighearna Iosa ann an tréibhdhìreas. Agus tha Muire air a h-àireamh am measg comunn nan naomh, a chionn gu'n d' thug i dha gràdh a h-anama uile.

An uair a thig gràdh Chrìosd a steach do chridhe duine fuadaichidh e air falbh gach olc; cuiridh e mach na h-aoghean mi-naomha a tha truailleadh an teampuill. Tha e mar abhainn a ghiùlaineas air falbh le a h-uisgeachan gach salachar a tha roimhe, a' deanamh ionad a siubhail cùbraidh is glan. Biodh, ma ta, gràdh Chrìosd anns a' chridhe agus chan eagail nach bi ar beatha ceart. Thig an còrr 'na àm fein, fochann, is dias, is làn bhìadh anns an déis.

Aig uair am bàis cha bhi aithreachas air na naoimh gu'n do ghràdhaich iad Chrìosd ro mhór, no gu'n d' fhuiling iad ro mhòr air a sgàth; bidh aithreachas orra nach d' thug iad dha gràdh a bu mhotha agus nach d' fhuiling iad an còrr. Oir is airidh esan air an tabhartas as luachmhoire as urrainn sinn a thoirt dha. Tha sinn 'na eisimeil cho mòr 's nach pàigheadh e ar fiachan ged dhòirteamaid ar maoin uile aig a chasan. “Tha Dia a' moladh a ghràidh féin dhuinne, do bhrìgh, an uair a bha sinn fathast 'n ar peacaich, gu'n do bhàsaich Chrìosd air ar son” (Rom. v. 8). Ciod a dh' iocas sinn dha air son a mhaithreas?

Naigheachd do'n Chloinn

An Tiompan Nèdnach

O CHIONN fhada nan cian bha Iudhach diadhaidh d'am b' ainm Mesallabas, a' fuireach ann an Ierusalem. Bha an t-sràid anns an robh e a' fuireach cho caol 's nach

ruigeadh an druid a bhiodh 'na suidhe air simileir air an dara taobh a leas a guth a thogail an uair a bhiodh i a' cur fàilte na maidne air an druid a bha 'na suidhe air an taobh eile. Ach

ma bha an t-sràid caol cha robh i gun straihlach. Eadar tartar chas air na clachan cruaidh, agus rànaich na cloinne, agus casdaich chàmhla a bha sgìth le'n turas, agus asailan aig nach robh ach droch ghuth ged bha deagh chluas aca, cha mhór nach bòdhradh a' ghleadhraich thu. Cha robh stad a' dol oirre fad finn foinneach an latha, ach ged bha uinneag Mhesallabais a' fosgladh air an t-sràid cha robh an duine bean-naichte a' cluinntinn deò. Chan e a b' aobhar dha sin gu robh e bodhar ach nach robh e a' gabhail suim. Bha sith Dhe a' lionadh a chridhe, agus ged bha a bhodhig ann an seòmar cumhann air sràid thartarach bha imtinn ann an seòmar a b' àirde agus a bu mhaisiche far nach cuireadh casdaich chàmhla dragh air.

B'e an dà ni anns an robh a chridhe, ùrnuigh agus ceòl. Moch agus annoch agus seachd uairean eadar na tràthan bhiodh e air a ghluinean ag ùrnuigh ri Dia, agus an uair a stadadh athchuinge thòisicheadh moladh. O, an gaol a bha aige air an tiompan! Dh' fhaodainn-sa, a chlan, naigheachd innseadh dhuibh mu'n dòigh anns an d' fhuair an duine naomh an tiompan ud, agus b'e sin an naigheachd iongantach, ach chan innis mi an tràth-sa dhuibh ach aon rud, ged is neònach an rud sin fhéin, gu'n cuireadh an tiompan a dhannsadh, ge b' oil leò, a h-uile duine a chluinneadh e. Rud neònach, da rìreadh, ach smior na firinn. Clann is coin, fìrionnaich is boirionnaich, reamhar no caol, trang no diomhaineach 'g am bitheadh iad. leigeadh iad an car as an làimh agus thòisicheadh iad air dannsadh an uair a chluinneadh iad an tiompan ud.

Bha fhios aig Mesallabais gu robh a' bhuaidh iongantach so ceangailte ris an tiompan, agus bhiodh e a' toirt fìor aire gu robh na dorsan dùinte m' an gleusadh e an inneal-chiùil, air eagal gu'n deanadh e, gun fhios daibh, culaidh-mhagaidd de sheanairean a' bhaile, no, rud a bu mhiosa, de mhnathan is mhaighdeannan.

Ach ged bu duine naomh an Rabbi Mesallabus nach deanadh cron no olc air a cho-chreutairean, bha e làn àbhacais is eridhealais agus bu ghasda leis, an uair nach biodh an còrr aige r'a dheanamh, a bhi sealltuinn a mach air an uinneig, a' gabhail beachd air na daoine a bha dol seachad agus a' smuaineachadh ris féin ciamar a shealladh an té ud, agus ciod a theireadh am fear ud, na'n tugadh e orra stad air an t-sràid agus tòiseachadh air dannsadh. An uair a chitheadh e mnathan stàtail a' seòladh seachad mar longan Tharsuis, no fir bheaga a' greasad seachd le cabhaig dhion, mar nach rachadh an saoghal air aghaidh as an eugmhais, dheanadh e gàire beag ris fhéin, agus shineadh e a làmh gu breith air an tiompan, ach anns a' mhionaid thàirngheadh e air ais i, ag ràdh fo anail, "Dia a thoirt maitheanas dhomh." Ach an ath mhionaid chitheadh e duine-eigin eile a

bheireadh air sealltainn air an tiompan agus thigeadh e fo dhruim le gàireachdainn.

Chan 'eil sùilean air an t-saoghal cho léirsinneach ri sùilean naoimh, gu sònruichte ma tha àbhacais is eridhealais 'na chridhe cho mhaith ri gloine. Leughaidh e daoine beaga driopail agus mnathan móra stàtail mar gu'm biodh leabhar fosgailte.

Mìle agus mìle uair ghleus an Rabbi an tiompan gu bhi moladh ainm an Tighearna, ach ged chuir e roimhe nach cuireadh e an inneal ghaolach gu feum a bu shuaraiche na bhi togail fonn nan salm, cha do chùm e fhacal gu buileach, oir aon uair co dhìù chuir e duine a dhannsadh leatha agus gun dannsadh 'na bheachd. So mar thachair.

Mar thubhairt mi cheana bha an Rabbi 'na dhuine diadhaidh agus cuideachd 'na dhuine iochdmhor. Is maith agus is maiseach an diadhaidheachd, agus is maith agus is maiseach an t-ìochd, ged bhiodh iad dealaichte o chéile (rud nach 'eil còir gu'm bitheadh) ach tha iad uile gu léir maith agus maiseach an uair a tha iad a' tuinneachadh anns an aon chridhe agus a' pògadh beul ri beul.

B' fheàrr leis an duine naomh so dol do thigh a' bhròin no do thigh na cuirme; cha robh teaghlach bochd no dachaidh bhrònach anns a' bhaile nach d' fhuair, uair no uair-eigin, déire o làimh agus comhfhurtachd o bheul. Cha do shéid e riamh trompaid roimhe mar bhiodh feadhainn eile a' deanamh anns na sionagogan agus air na sràidean, oir cha robh iarraidh aige air glòir o dhaoine.

Air a thurasan am measg nam bochd fhuair e a mach gu robh fear de sheanairean a' bhaile, sgrìobhaiche d' am b' ainm Ben Rasha, a' càrnadh suas beartais dha féin le bhi creachadh agus a' sàruchadh thruaghan. Bhiodh e a' toirt dhaibh airgid air riadh anabarrach trom, agus an uair nach b' urrainn daibh an riadh a phàigheadh air an latha (mar bu tric a bha tachairt) chuireadh e mach as an tighean no as am fion-liosan iad. agus ghabhadh e féin sealbh anna.

Mar so bha Ben Rasha a' fàs reamhar agus bha na bochdan a' call an codach. Bhiodh an Rabbi caomh a' cuideachadh agus a' misneachadh nam bochdan mar a b' fheàrr a b' urrainn da, agus ag ùrnuigh ri Dia gu'n tionndadh e eridhe Bhen Rasha o'n olc a bha e deanamh air na truaghain a bha fo a spògan.

Là a bha e dol dachaidh agus a chridhe goirt leis an t-suidheachadh bhochd anns an robh iad le foirneart an fhàsgadair, cò a chunnaic e ach Ben Rasha, air a mhàgan ann am preas droighinn mar gu'm biodh e ag iarraidh rud-eigin a chaill e!

"Ciod a tha ceàrr, a dhuine," ars' an Rabbi?

Dh' innis Ben Rasha dha mu'n tubaist a thachair dha an dé; gu'n d' thug luchd-reubainn ionnsuidh air an uair a bha e a' tilleadh dha-

chaidh o bhi cruinneachadh màil is réidh, agus gu'n do thilg e am poca òir anns a' phreas droighinn ud gus am faigheadh e cothrom air a thoirt dhachaidh gu sàbhailte.

“Dia a thoirt maitheanais dhomh,” ars' an Rabbi, gu beag ris féin, ma's olc an rud a tha tighinn fodham, ach bu mhaith leam am fàs-gadairfhaicinn a' dainsadh ann am preas droighinn. Co aige tha fhios nach gnìomh diadhaidh e, oir tha an leabhar naomh ag ràdh, *An ti a ni fòirneart air a' bhochd mastaichidh e a Chruith-fhear.*

Ghlens e an tiompan agus cha luaithe a ghleus na dh' éirich Ben Rasha 'na sheasamh agus thòisich e air dainsadh. Mar bu luaithe an ceòl is ann a b' àirde a leumadh e, ged nach b' ann idir 'na dheòin a bha e leumartaich, ach cha b' urrainn da gun an ceòl a fhreagairt.

Air feabhas an ùrlair is doirbh an obair an dainsadh do dhuine reamhar ach,—dainsadh ann am preas droighinn! Ann an ùine ghoirid bha aodann Bhen Rasha air a sgròbadh gu dona leis na drisean agus aodach 'na stiallan a' tuiteam dheth ach cha b' urrainn e stad.

“As uchd mhaithéis,” ghlaodh e ris an Rabbi,

“cuir stad air do thiompan air neo bidh mise marbh; biodh truas agad rium agus mi ann an dris! O, stad, stad.”

Ach cha stadadh an Rabbi; lean e air an tiompan a chluich gus an robh am fear eile a' leum àirde féin o'n talamh, is fhalt is fheusag air an spionadh as agus a' falbh leis a' ghaoith 'n an lanacha-dùirne.

“Tha thu ann an dris,” ars' an Rabbi, “is tu tha, ach chuir thu féin daoine eile ann an dris roimhe so, agus bidh fhios agad a nis ciamar a chòrdas e riut fein an rùsg is an t-seiche a bhi air an toirt dhìot.”

“O, stad! stad!” ghlaodh Ben Rasha, agus e a' call analach a' leumartaich, “as uchd mhaithéis cuir stad air an toimpan agus bheir mi dhuit am poca òir anns a bheil momhàl agus mo riadh.”

“Far dhomh am poca, ma ta,” ars' an Rabbi, “agus stadaidh an tiompan. Thug Ben Rasha am poca dha agus chaidh an duine naomh air ais do'n bhaile leis agus roinn e an t-òr air na bochdan o'n d' thug Ben Rasha e le fòirneart.

A nis, a chlan, an do rinn an duine diadhaidh olc? Tha e duilich a ràdh, ach, co dhìu, chan abair mise gu'n do rinn. Cìod 'ur barail-se?

Am Fasgadh

THA sinn an dùil nach 'eil laoidh eile a tha air a seinn anns na h-eaglaisean cho bitheanta ris an laoidh so, an laoidh a bha air a sgrìobhadh le *Augustus Toplady*, agus air a tionndadh gu Gàidhlig le *Iain MacGhille Bhàin* nach maireann.

'Chreag a sgoilteadh air mo sgàth,
Bi ad fhasgadh dhomh 's ad stàth!
Anns an uisge 's anns an thuil
Thaom o leòn do chléibh mar thuil,
Ionnlaid uam gach peacadh 's truaigh
Saor o chionnt an uile 's o 'bhuaidh.

Chan e gnìomh mo làmh gu beachd
Fhreagras iarrtuais theann do reachd:
Eud gun sgèith is saothair chruaidh
Deòir, ged chlaisinn leò mo ghruaidh,
'N éric m' nìle cha dìongadh sìon,
'S tusa mhàin bheir slàint is dìon.

Falamh tha mi teachd 's gun treòir,
M' uile dhòigh tha 'd iobairt mhóir,
Deònnich còmh-dachadh do m' nochd,
Gràs do m' laigsinn is do m' lochd,
Neòghlan, ruigean d' fhuaran gràis,
Ionnlaid mi no 's dàn dhomh 'm bàs.

Feadh a mhaireas plogh mo chré,
'S tràth bhios mi, aig erich mo rè,
'Triall an turuis-ainéòil mhóir
Thun do Mhòid gu h-àrd an Glòir,
'Chreag a sgoilteadh air mo sgàth,
Bi ad fhasgadh dhomh 's ad stàth!

Tha gach ni againn anns na rannan sin a bu chòir a bhì ann an laoidh; is e sin an t-aobhar gu'n d' fhuair i an t-àite a tha aice ann an aoradh na h-eaglais. Theagamh nach 'eil snasmhorachd

caimnte no smuaintean domhain innte, ach tha i a' cur faireachduinn an anama ann am briathran simplidh. Chan ann ris an intinn ach ris a' chridhe a tha na laoidhean a' labhairt; air cho snasmhor 's 'g am bi rannan mar bhàrdachd, cha ghabh an eaglais riu mar *laoidh*, mur gluais iad an cridhe. Rannan air bith a ghabhas seinn aig bòrd a' chomanachaidh, faodar gabhail riu mar laoidh, agus is tric a tha an laoidh so air a seinn air là comanachaidh, laoidh a tha nochdadh na taice a tha an t-anam a' faotainn ann an Crìosd.

Theagamh nach 'eil duine anns a' cheud de na bhios 'g a seinn aig a bheil fhios cò a rinn an laoidh so. Bha i air a deanamh le Augustus Toplady, duine crosta ged bha e 'n a dhuine eudmhor. Tha cuid de dhaoine ann a tha na's fheàrr na'n obair a rinn iad, ach tha daoine eile ann nach 'eil idir cho mhàith ri 'n obair. B'ann dhiubh sin Augustus Toplady.

Rugadh e ann an 1740; 'n a shé bliadhna deug bha e air iompachadh; 'n a ochd bliadhna fichead bha e air a shuidheachadh mar mhinistir an ceann a deas Shasuinn, is chaochail e ann an 1778.

Cha robh deisciobul riamh aig Iain Calvin a b' eudmhoire air son a theagaisg na Toplady; bha e a' cur cudthrom anabarrach air arduachdranachd Dhé ann an taghadh cuid de'n chinne-daonna chum beatha shiorruidh.

Aig an àm ud bha an duine caomh agus an searmonaiche mór, Iain Wesley, a' dol mu'n

cuairt Shasuinn, a' searmonachadh soisgeul farsuinn, soisgeul nach do chòrd ris an inntinn chumhann aig Toplady, is chaidh e an sàs gu guineach agus gu nimheil ann an Iain Wesley. Thachair mar a thachras daonnan, an uair a thòisicheas consachadh teichidh an diadhaidheachd air falbh : an uair a thig spiorad na h-iorghuill a steach air an dorus thèid spiorad na diadhaidheachd a mach air an uinneig.

Na'n robh a' cheist air a cur air Toplady, ciod a' chuid d'a obair a bha e an dùil a bu bhuanachdaile do'n t-saoghal agus do'n eaglais, theagamh gu'n abradh e gu'm b'e an rud a b' fheàrr a rinn e riamh, na buillean troma a thug e do Iain Wesley ann an iomadh searmon agus ann an iomadh leabhar a sgrìobh e an aghaidh

a theagaisg : is theagamh nach cuireadh e meas air bith air an laoidh bhig so a sgrìobh e ann am beagan mhìonaidean. Ach an diugh tha na searmonn agus na leabhraichean sin air an diuchimhneachadh gu buileach, ach tha an laoidh air a seinn leis na miltean a h-uile Sàbaid. Tha Arminianaich 'g a seinn cho mhaith ri deisciobuil Chalvin ; tha i ann an leabhraichean na h-eaglais Shasunnaich, an leabhraichean nan eaglaisean Cléireachail, agus ann an leabhar-laoidh na h-eaglais mhór sin a chuir Wesley féin air chois.

Is ann ann an laoidhean na h-eaglais choit-chiunn a gheibhear cridhe na diadhaidheachd anns a bheil aonachd dhaoine ann an Crìosd a co-sheasamh.

Tilgeadh Chrann

IHA e glé thric a' tachairt gu bheil iorghuill ag éirigh ann measg sluaigh an uair a tha iad a' taghadh ministèir. Rud nach 'eil idir freagarrach, gu'm biodh abair na sìthe air a deanamh ann an àimhreit. Bidh sinn air uairean a' smuaintinn gu'n gabhadh so seachnadh na'n tilgeadh iad croinn ; am fear air an tuiteadh an crann ri bhì air a chur a steach do'n eaglais gu h-aonsgeulach. Ma their duine air bith ruinn nach biodh an so ach dòigh shuarach air gnothuch sòluimte, is e an fhreagairt a bheireamaid dha gu'n do ghabh na h-abstoil i. Agus rud sam bith a chunnaic iadsan iomchuidh a dheanamh, saoilidh sinn gu'm faodamaid-ne an eisimpleir a leantuinn. Ach ged tha sinn a' labhairt mar so tha fhios againn gu'n cuireadh e uamhas air comunn-taghaidh coimhthionail na'n éireadh fear na cathrach agus na'n labhradh e riu mar a labhair Peadar ris na bràithrean an uair a bha iad a' dol a thaghadh duine a ghabhadh àite falamh Iudais. Shaoileadh iad gu robh e as a chiall, agus dh' iarradh iad air a' chathair fhàgail agus duine aig an robh tìr a leigeil innte.

Shuidhich na h-abstoil an toiseach air dà dhuine a bha freagarrach air son na dreuchd, agus an sin rinn iad ùrnuigh, ag ràdh, "Thusa a Thighearn d'an aithne cridheachan nan uile dhaoine, nochd eò an t-aon de'n dithis so a thagh thu." An sin thilg iad croinn, a' creidsinn gu'n deanadh Dia dhaibh a réir an creidimh, agus thuit an crann air Mattias. Do dhuine a tha creidsinn ann an éifeachd ùrnuigh, a tha creidsinn gu'n éisd agus gu'm freagair Dia a shluagh ; a tha creidsinn gu bheil Dia ag oibreachadh 'na fhreasdal, tha an dòigh ud cho glic is cothromach ri dòigh eile a b' urraim daibh a ghabhail.

Anns a' Bhìobull agus gu sònruichte anns an t-seann Tìomnadh chì sinn gu robh cùisean mòra is sòluimte air an socrachadh le croinn.

Bha na Iudhaich a' creidsinn anntha do bhrìgh gu robh iad a' creidsinn gu'n òrduicheadh Dia na h-uile nithean a réir a thoile. Tha so ri fhaicinn anns an fhacal a tha sgrìobhta ann an leabhar nan Gnath-fhacal (xvi. 33),

Anns an uched tilgear an crannchur

Ach is ann o Iehobhah a tha a riaghladh gu léir.

An uair a bha cron air a dheanamh agus nach robh fhios eò a rinn e bha croinn air an tilgeil los an ciontach fhaotainn a mach. Bha na croinn daonnan air an tilgeil "an làthair Iehobhah." Is e so an dòigh anns an do rugadh air Achan a rinn amaideachd ann an Israel. Bha croinn air an uisneachadh cuideachd an uair a bha Saul air a thaghadh mar rìgh.

Anns na h-iobairtean a bha air an tairgsinn mar thabhartas-peacaidh air son an t-sluaigh bha croinn air an cleachdadh. "Agus gabhaidh e an dà bhoc-gaibhre, agus cuiridh e iad an làthair Iehobhah, aig dorus bùth na còdhail. Agus tilgidh Aaron croinn air an dà bhoc ; aon chrann air son Iehobhah, agus an crann eile air son Asasel, agus bheir Aaron a làthair am boc air an do thuit an crann air son Iehobhah, agus bheir e suas e mar thabhartas-peacaidh."

Ann an làithean Shaul ann an Israel bha trì dòighean anns an robh daoine a' creidsinn gu'n deanadh Dia aithnichte dhaibh a thoil, oir tha sinn a' leughadh ann an 1. Sam. xxviii. 6, "Agus an uair a dh' fhiosraich Saul de Iehobhah, cha do fhreagair Iehobhah e, aon chuid le *aislingean* no le *Urim*, no le *fàidhean*." Tha e furasda gu leòir *aislingean* is *fàidhean* a thuigsinn, ach ciod a bha ann an *Urim* ?

Tha na facail *Urim* is *Tummin* a' tachairt oirnn anns an t-seann Tìomnadh glé thric, ach ged nach 'eil e idir furasda beachd soilleir fhaotainn umpa, tha sinn an dùil nach robh anna ach dà chloich bhig leis am biodh na sagartan a' tilgeil chrann, an uair a bhiodh iad a' fiosrachadh a mach toil Iehobhah. Bha iad

air an gleidheadh ann an uchd-éideadh a' bhreitheanais a bhiodh Aaron a' cur air, an uair a rachadh e a steach do'n ionad naomh. "Agus cuiridh tu ann an uchd-éideadh a' bhreitheanais an Urim agus an Tummin, agus bithidh iad air cridhe Aaroin, an uair a théid e steach an làthair Iehobhah" (*Ecsodus* xxviii. 30).

Tha cuid de sgoilearan ag ràdh gur e a bha ann an Urim is Tummin seudan luachmhor a bha air uchd no air guaille an àrd-shagairt, a' deàlradh gu lainnearach mar shàmhlaidhean air *Solus* is *Firinn*. Chan 'eil sinn an dùil gu bheil sin ceart; mar thubhairt sinn cheana, cha robh annta ach clachan naomha a bha air an cleachdadh ann an tilgeil chrann. Ach mar fhuair Israel beachd a bu spioradaile air Dia agus air a dhòighean chaidh Urim is Tummin a chur air chùl, agus aislingean mar an ceudna, agus thug iad do na fàidhean an t-àite a bha aig na seann

nithean sin, a' creidsinn gu'm b'e sin an dòigh a b' fheàrr air toil Dhé fhaotainn a mach. Ann an làithean an aineòlais agus an dorchadais sheall iad ri Urim is Tummin, ach an uair a dh' fhàs an solus agus an eòlas spioradail chuir iad nithean leanabail air chùl, agus dh' éisd iad ri taisbeanadh Dhe o bheul nam fàidhean.

A dh'aindeòin na thubhairt sinn aig toiseach an t-seanchais so (eadar fheala-dhà 's a rìreadh) nu thaghadh mhinistearan le crann-chur, cha bu mhaith leinn gu rachadh an saoghal air ais gu Urim is Tummin, no gu dòighean neònach de'n t-seòrsa sin air toil Dhé fhaotainn a mach. Cha bhiodh ann an sin ach dol air ais gu rud ris an abradh Pol cend-toiseacha anmhunn agus bochd. Thug Dia dhuinn fhacal anns a' Bhìobull; thug e dhuinn mar an ceudna reusan agus coguis, agus mur faigh sinn eòlas air a thoil le bhì 'g éisdeachd ris na trì guthan sin chan fhaigh sinn eòlas gu bràth bhuaith air dhòigh eile.

Litrichean Mhc Cheyne

1. *Gu gille a bha fo chùram anama*

Januari 27, 1842

A GHILLE GHRÀDHAICH,

Bha mi ro-thoilichte do litir fhaotainn, agus tha mi nis a' suidhe sìos gu facal a sgrìobhadh a'd' ionnsuidh, ged tha m' ùine glé ghoirid. Tha mór ghràdh agam dhuit, oir tha t-anam prìseil; agus ma thig thu a dh' ionnsuidh Iosa gu bhì air do ghlanadh agus air t' fhìreanachadh leis, bithidh t' òran-molaidh na's binne na òran aingil soluis. Bha mi an diugh air an t-seachd, far nach robh ceum coisiche; bha e cho geal is fìor-ghlan 's gu'n d' thug e gum' chuimhne an earrann so, "ionnail mi agus bithidh mi na's gile na'n sneachd." O, is mìlis an ùrnuigh i; cuir suas i. Rach gu tric a dh' ionnsuidh Iosa a bhàsaich a chum sinne a ghlanadh o ar peacaidhean, agus abair, "ionnail mi." Tha gàirdeachas orm, a ghiullain chaoimh, gu bheil thu a' creidsinn gu bheil Dia 'ga d' smachdachadh a chùim do thoirt 'g a ionnsuidh féin. Chan 'eil teagamh agam nach ann mar so a tha. Tha gaol sgrìobhta air a chridhe, air a làimh, agus air an t-slaith-smachdachaidh. Ach faic gu'n tig thu 'g a ionnsuidh. Na dean moille. Tha loch teine 'n a luidhe fo gach anam a tha beò anns a' pheacadh. Chan 'eil sìth, tha Dia ag ràdh, do'n aingidh. Na'n nochdadh Iosa a ghnùis duit agus a thaobh a bha air a lot—mar a ta àite do'n pheacadh as ciontaiche ann—bhitheadh tu air ball air do tharruing 'g a ionnsuidh le còrdaibh gaol. O bi ag ùrnuigh gu'n dùisg an Spiorad Naomh thu. Tha cuimhne agad, Iain, gu'n do ghuil thu uair-eigin roimhe so air son t' anama, agus gu'n d' iarr thu Iosa. An d' fhuair thu e? No an do

sheall thu air t' ais, coltach ri bean Lot, a' cinntinn 'na d' charraig chruaidh, fhuar, mar bha thu roimhe? O dùisg, agus gairm air ainm do Dhé. Faodaidh gu bheil t' ùine goirid; aig Dia a mbàin a tha fios. Tha a' bheatha as fhaide goirid gu leòir. Agus cha bhì cothrom eile agad gu bhì air t' iompachadh.

Sgrìobh a rithist a'm' ionnsuidh. Aig an àm so feumaidh mi sgur. Abair ri d' mhàthair sgrìobhadh thugam. O gu'n coinnicheadh sibh fadheòidh aig a' bhòrd a tha shuas maille ri Iosa, agus gu'm bitheadh mise mar an ceudna an sin, mar pheacach air a shaoradh tre ghràs.

Is mi do charaid dìleas

R. M. M'C.

2. *Comhairle do charaid*

DUN-DEAGH, 1842.

A CHARAID IONMHUINN,

Tha mi a' cur na litreach so thugad le cabhaig, ag ùrnuigh gu'm bi i air a cuideachadh le cumhachd an Spioraid air do chridhe. Is maith an ni dhuit solus fhaotainn air mór olcas is mór chealgaireachd do chridhe, ma chuireas so thu a dh' ionnsuidh Chrìosd. Tha mi-chùram is socair fheòlmhor 'n an aobhar-eagail na's motha na sealladh fhaotainn air an luibhre. Tha osnaidhean agus òran-buaidh a' chreidich glé dlùth air a cheile, mar a chi thu o bhriathran Phòil (Rom. vii. 24, 25). Mhothaich Daibhidh an ni ceudna (SALM lxxiii.). Tha dìomhaireachd ro-mhìlis ann a bhì 'g itheadh nan luibheannan searbha maille ris an Ùan Chàisge. Tha taitneas ann a bhì 'g ar faicinn féin ro-ghràineil, a chùim agus gu'm faic sinn gur e Iosa an aon t-slighe a dh' ionnsuidh an Athar.

Bi ag ùrnuigh a bhi cosmhail ri Caleb, “ aig an robh spiorad eile maille ris, agus a lean an Tighearna gu h-iomlan.” Lean Criosd rè an là uile. Is e esan a’ Charraig anns a bheil agad a ghnàthlànachd neo-chrìochnach. Thoir thufhèin gu h-iomlan dha. Chan ’eil teàruinteachd ann an neach air bith eile, ach a mhàin ann an Iosa.

Còimhead thu féin o pheacaidhean dhaoine eile. Bi faicilleach, nach tuit thu ann am peacadh follaiseach. Cuimhich gur e ar sonas a bhi fo ghràs, agus nach ’eil fadheòidh ach searbhadas anns gach peacadh, agus gu’n

lughdaich gach aon diubh ann an tomhas air chor-eigin do chuid de ghlòir shiorruidh.

Gu’n robh gràs maille ri òglach an Tighearna, fo éisdeachd am bheil thu. Agus mar an ceudna maille riù-san uile a tha ag gràdhachadh Criosd ann an treibhdhìreas. Na sguir a dh’ ùrnuigh air son do sgìre agus air son sgìreachdan eile, gu’n dòirteadh Dia a mach a Spiorad orra, a chùm peacaich chaille iompachadh gu glòir ainme féin. Gu’n cuimhnicheadh Dia oirn n uile.

Is mise do charaid dileas

R. M. M’C.

Carthannachd

AIR teangaidhean thig fàilgeadh ;
A Air fàidheadaireachd thig crìoch ;
Is caithidh gibht is eòlas as,
Mar cheò a bhiodh air sliabh ;
Ach gaol is nì neo-chrìochnach e,
Bhios siorruidh buan gu bràth,
Oir ’s ann an uchd na Trianaid
O chian a ghin an gràdh.

’S e ’n gaol an fhìor fhuil uasal
A tha gluasad feadh nam ball,
Toirt beath’ is blàs is àrach
Do gach uile ghràs a th’ ann ;
Tha eadhon am fìor chreideamh
A’ sìor oibreachadh tré ghaol,
A’ sruthadh nìos o’n tobar,
A chaidh fhosgladh ’n a thaobh.

Ged bheirinn do na feumanaich
Mo dhéire is m’ uile mhaoin,
’S mo chorp ged loisgt’ ’n a iobairt e
Air son na fìrinn naomh ;
Bu dìomhanas an t-eud sin dhomh,
Cha dean e feum no brìgh ;
Is mi gun ghaol ’n am anam
Chan ’eil gealladh dhomh air sìth.

Cha luidh aois no tuar a’ bhàis
Air mais’ is buaidh a’ ghaoil ;

’S e ’n gràs a mhàin a bhunaicheadh
A bhos is shuas faraon ;
Cha dean e uail no ràiteachas,
’S gu bràth cha séidear suas ;
An gaol tha mìn is macanta
Tha thlachd a ghnàth an truas.

Bi thusa nìs a’ rannsachadh,
An d’ ràinig ort-sa maoin
De ’n dàimh sin tha fìor charthannach,
Ro thairiseach is caomh ;
Tha ’n fhìrinn naomh a’ seulachadh
Gu bheil e féin ’n a Ghaol ;
’S na h-uile ris an tòisich E,
Bidh iad fadheòidh ’n an aon.

[Bha na rannan so air an deanamh le Uilleam Mac Còinnich a bha ’n a mhaighstir-sgoil ann an àite-cigin dlùth do Ionar-nis. Chuir e seachad cuid d’a shaoghal ann an sgìreachd Dheibhidh, is tha sinn an dùil gu bheil e air a thiodhlacadh innte. Bha e ’n a thuathanach m’ an do thòisich e air teagasg. Bha e fo chliù mór anns an taobh tuath air son a dhìadhaidheachd. Bha e ’n a cheistear cho mhaith ri bhì ’n a mhaighstir-sgoil, agus bha meas anabarrach aig an t-sluagh air mar fhear de na *daìone* a bhiodh a’ labhairt air a’ cheist aig àm comanachaidh. Bha e aois mhór ’nuair a shìubhail e beagan bhliadhnanachan m’ an do dhealaich na h-caglaisean ann an 1843.]

Betesda, Teach na h-ìochd

RI taobh Bhetesda mheòmhraich mi
RA lughad nì a dh’ aom ;
An t-àingeal teàrnadh nuas o nèamh
’N a léigh do’n lochan naomh ;
Na creuchdaich uile cruinn m’a bhruaich
A’ feitheamh uair an àigh,
Gach aon air chrith le iomaguin gheur.
“ An ruig mi ’n léigh roimh chàch ? ”

A dhìblidh thruaigh tha ’n cùil leat fhéin,
Gun spéis aig neach do d’ leòn ;
Ge sgitheil mall tha t’ uair ’s an teachd,
Tha i a steach fa dheòigh ;

Tha ’n Léigh a’ dearcadh ort le shùil,
’S a drùchdadh ort a bàigh ;
Tha teinn a ghnath cur stad ’na cheum
Is éirig air a ghràdh.

O thir Iudea b’ olc do rath
Nach d’ aithnich thu do Shàr ;
Do shùilean cuairleachadh nan speur,
’S gun fhios duit nèamh air làr ;
Chan ionghnadh leam do dhùthaich fhàs
Is t-àmhghar anns an ròd,
Do chraobhan seilich anns gach tìr,
’S do chlarsach bhinn gun cheòl.

Na'n cumteadh còir cha b'ionnan sgeul
Do m' dhùthaich fhéin 's an Iar ;
Cha tilgeadh i a cli no tuar,
A dualchas òirdhearca liath ;
Bu mhoch a dh' aithnich i an Sàr
'S a dh' fhàiltich i an Rìgh ;
'S ri taobh Bhetesda 's dligheach càrn
Do chàinain chaoimh na h-I.

Bu mhaith do chòir, a Ghàidhlig bhinn
Air àit' an tìr nan naomh ;
Bu drùighteach riann an Gairm o d' bheul,
Bu mhòid an sgeul do ghaol ;
Bu shalm ¹ thu anns na làithibh daoi,
A' dìon 'nan saoi le d'ghleus ;
'S bu lòchran ² thu 's an oidhche cheò,
'N uair chaill an Eòrp a ceum.

¹ An uair a bha I mar a bha b'è canutail nan salm
sgiaht nan naomh ri uchd cunnairt.

² An uair a bha a' Ghàidhlig na h-àirde theirteadh
" Lòchran na h-Eòrpa " ri Eirinn.

'S gu bheil Betesda, teach na h-ìochd,
No 'rìochd 'n am dhùthaich féin ;
A' sruthadh nìos á Creig nan Cian,
'S e 'g altrum shliabh is speur ;
Tha li an aingil air do thonn
Tha lorg a bhonn 'n ad chrè
'S tha sluagh mo ghaoil an cois do bhruaich
A' feitheamh uair do léigh.

O aingil chaoimh ta dìon ar slòigh,
Nach tig thu oirnn as ùr ;
Nach luaisg thu dhuinn an lochan àigh,
'S gu faigh sinn slàint is mùirn ;
Na's mò na diobair clann na h-I,
An cainnt, an tìr, no 'n sliochd ;
'S gur h-e an dùil 's an duan gu beachd,
Betesda, teach na h-ìochd.

COINNEACH MACLEÒID, D.D.,

Eilean Ghiogha.

Aig an Uinneig

Ministear Ùr a' Ghearasdain

CHA robh muinntir a' Ghearasdain fada a' faotainn ministear an àite an Urramaich Daibhidh Mac Mhìcheal, a leig dheth an eaglais o chionn ghoidid ; bha an t-Urramach D. A. Mac Ruairidh air a shuidheachadh anns a' Ghearasdan air an fhicheadamh na de'n mhìos a chaidh seachad. Cha b' urrainn an coimhthional taghadh a b' fheàrr na so a dheanamh am measg mhinistearan òga na h-Alba air fad, oir tha Mgr Mac Ruairidh a' dol air cheann a' choimhthionail air uidheamachadh air son a dhreuchd ann an dòigh shònruichte. Dh' fhaodainn leudachadh air rud no dhà a tha gu mòr 'na fhàbhar, ach is e an rud as fheàrr uime uile gu léir, gur mac athar e. Air sgàth athar, a bha 'n a fhear-deasachaidh fad iomadh bliadhna air na duilleagan Gàidhlig anns an leabhar dhearg aig eaglais na h-Alba, tha sinn toilichte Dòmhnall Mac Ruairidh a bhì air a shuidheachadh ann an sgìreachd Ghàidhealach.

O'n bhliadhna 1692 bha ceithir deug air fhichead ministear ann an eaglais a' Ghearasdain, ach cho fad 's is fhiosrach mi cha do bhàsaich gin dhiubh ann, mur do bhàsaich aon fhear. Theagamh nach 'eil muinntir a' Ghearasdain dad na's fheàrr na muinntir na Corpaich is Chill-mo-naomhaig, ach co dhìu cha do mharbh iad na fàidhean.

Dòmhnall Sutharlan, naomh is fiosaiche

An là roimhe fhuair mi leabhar beag a bha air a sgrìobhadh mu'n duine so leis an Urramach Alasdair Mac Rath, an Tunga, mac a pheathar.

Ged nach 'eil ann ach leabhar beag, am brod paiper, tha fàile cùbraidh na diadhaidheachd air gach duilleig dheth, oir bha Dòmhnall Sutharlan 'n a dhuine maith agus 'n a dhuine air an robh eagal an Tighearna.

Tha rud no dhà anns an leabhar a b' fheàrr leam a bhì as, an seòrsa naigheachdan a bha air an innseadh mu Mhaighstir Lachluinn an Loch Carann, agus mu Dhòmhnallach na Tòiseachd, agus mu gach ministear mòr eile a bha anns an taobh Tuath, agus gu Sònruichte mu Choimneach Odhar, ach air a shon sin, tha e ceart gu'm biodh na fireana air an gleidheadh air chuimhne, agus gu'm biodh sgeul air a dheanamh air na h-aithrichean do'n àl a thig 'n an dèidh.

Tha rùn an Tighearna aig an dream d' an eagal e. Sin am facal anns a' Bhiobull air an robh mòran dhaoine anns a' Ghàidhealtachd anns na seann làithean a' stéidheachadh nan naigheachdan a bhiodh iad ag innseadh mu fhiosachd a bha air a deanamh le daoine diadhaidh. Bha e furasda leò a chreidsinn gu robh Dia a' toirt fiosachd do dhaoine a bhiodh ag ùrnuigh gun sgar, agus bu mhaith leò fiosaiche a dheanamh de dhuine diadhaidh, a dheòin no dh' aindeòin. Ach tha an saoghal sin air falbh mar a dh' fhalbh saoghal nan tamhasg agus nan sìthichean. Anns an leabhar so tha Mgr Mac Rath a' bruidhinn air na nithean sin gu glic agus gu ciallach, gun a bhì cinnteach co dhiubh a bha an sluagh ceart no ceàrr a thaobh fiosachd Dhòmhnall Sutharlan.

Chan 'eil an leabhar beag cùbraidh so a' cosd ach sé sgìllinnean ; cha b' fheàrr a nasgaidh e.



Na Sùilean fosgailte

Agus rinn Elisa ùrnuigh agus thubhairt e, A Thighearna, guidheam ort, fosgail a shùilean, chum gu'm faic e. Agus dh' fhosgail an Tighearna sùilean an òganaich; agus feuch bha an sliabh làn de eachaibh agus de charbadan teine mu'n cuairt air Elisa.—2 Rìgh vi. 17.

THA an naigheachd so a' cur soluis air briathran an t-salmadair,

Tha aingeal Dhe a' campachadh
Mu'n dream d' an eagal e,
'G am fuasgladh is 'g an teasairginn
O'n trioblaidean gu léir.

Thug Ben-hadad rìgh Shìria oidhirp air Jehoram rìgh Israeil a ghlacadh, ach a dh' aindeòin gach seòltachd a chleachd e cha b' urrainn da a chur an sàs, oir bha Elisa am fàidh a' toirt rabhaidh os ìosal do Iehoram. Cha robh fhios aig Ben-Hadad air so; agus leag e amharus gu robh neach air chor-eigin am measga dhaoinè féin nach robh dìleas dha, agus a bha toirt forfhais do rìgh Israeil. Mar sin ghairm e iad 'na làthair, agus thubhairt e riu, "Innsibh dhomh cò 'n ar measg a tha le rìgh Israeil."

Bhòidich iad uile nach ann aca-san a bha a chuire, agus dh' innis iad dha gur e am fàidh Elisa a bha cur Iehoraim daonnan 'na earalas. "Innsidh e," ars' iadsan, "do'n rìgh na briathran a labhras tu ann ad sheòmar-leabaidh."

"C' àite am faighear an duine so?" fhreagair Ben-hadad, chum gu'n glac mi e."

Thubhairt iad ris gu robh Elisa a' fuireach ann an Dòtan; agus gun an còrr a bhì uime, chuir Ben-hadad eich is carbadan is sluagh mòr a chuartaichadh a' bhaile.

Annas a' mhaduinn chunnaic seirbhiseach Elisa mar bha cùisean, agus thubhairt e, "Mo thruaigh, a Mhaighstir, ciod a ni sinn?"

"Na biodh eagal ort," fhreagair am fàidh, "is lìonhoire iadsan a tha leinne na iadsan a tha leò-san." Agus rinn e ùrnuigh, "A Thighearna, fosgail, guidheam ort, a shùilean a chum gu'm faic e."

Agus dh' fhosgail an Tighearna sùilean an òganaich agus chunnaic e; agus feuch, bha an sliabh làn de eachaibh agus de charbadan teine mu'n cuairt air Elisa.

Sin an naigheachd, agus tha e 'n a aobhar taingealachd gu bheil a leithid so de naigheachd air a sgrìobhadh annas a' Bhiobull, oir tha i a' teagasg ann an dòigh dhrùidhteach gu bheil sùilean an Tighearna orra-san d' an eagal e, agus gu bheil a chumhachd mar bhalla-dìon m' an timchioll. Tha Dia an diugh an ni a bha e anns na làithean o shean; chan fhàilnich a neart no a ghràdh, is faodaidh a shluagh a bhì cinnteach gu bheil e cho dlùth dhaibh-san 's a bha e do Elisa.

Ma tha Dia leinn

I. Chan urrainnear breith chothromach a thoirt air cùisean an t-saoghail so mur toir sinn suim do làmh agus do chumhachd an De bheò. Bu léir do sheirbhiseach Elisa armailtean nan Sirianach, ach a chionn nach bu léir dha an gairdean neo-fhaicsinneach a bha timchioll air féin agus air a Mhaighstir, ghabh e eagal gun aobhar is chaidh e air seachran mu chùrsa an Fhreasdail.

Tha daoine a' dol air seachran annas a' cheart dòigh so fhathast; chi iad an gairdean feòla a tha leò no 'n an aghaidh, agus saoilidh iad gur h-aithne dhaibh ciod a' chrìoch a bhios aig gach obair no oidhirp ris an cuir iad an làmh, ach glé bhitheanta, gheibh iad briseadh-dùil, is tionndaidhidh cùisean a mach mar nach do shaoil iad. Chunnat iad na nithean a bu léir dhaibh, ach dh' fhàg iad a mach as an cunntas gairdean an De bheò, agus a chionn gu'n d' fhàg, chaidh iad air seachran.

Tha Dia a' riaghladh air nèamh is talamh; annas a' chogadh spioradail a tha dol air aghaidh gun sgur tha a theachdairean dìomhair agus a spioradan-frithealaidh a' gabhail pàirt, agus ma dhìchuimhnicheas sinn gu bheil a làmh-san agus a rùintean-san ann an eachdraidh an t-saoghail, tha sinn a' fagail a mach an aon ni as urrainn neart agus comhairle agus innleachd mhic an duine a chur an suarachas.

An uair a chunnat Pharaoh a mharc-shluagh agus a charbadan-cogaidh, an uair a bha clann Israeil a' fàgail na h-Eiphit, shaoil e nach robh aige ach dol as an déidh agus gu'n tuiteadh iad uile 'n a làimh. Ach a chionn nach do chuimhnich e gairdean an De bheò, an gairdean neo-fhaicsinneach a bha timchioll air Israel agus an dìon o an luchd-sàruchaidh, bha a bheachd fada fada ceàrr, agus chaidh a rùintean a thilgeadh bun os cionn.

An uair a sheòl cabhlach na Spainnte gu cladaichean Bhreatuinn, an linn Bàn-rìgh Ealasaid, a thoirt nan eileanan so fo chis, theireadh neach air bith a shealladh air soithichean na dà dhùthcha a bha dol an caraibh a chéile nach robh teagamh ann nach ann leis an Spainnt a rachadh an latha. Ach ciod a thachair? Bha cumhachd nach bu léir do'n t-sùil nàdurra ag oibreachadh an aghaidh gairdean feòla na Spainnte. Shéid an Tighearna anail; aig fuaim

a ghutha dh' éirich an doinnion agus na tonnan, is bha a nàimhdean air an sgapadh mar a dh' fhuadaichear ceò no deatach leis a' ghaoith. Rinn e na neòil agus na gaoithean agus an fhairge 'n an spioradan-frithealaidh dha.

Bha daoine anns an dùthaich so aig an àm ud a thubhairt mar a thubhairt seirbhiseach Elisa, Mo thruaighe, ciod a ni sinn? Aeh fad na h-ùine bha carbadan an De bheò air a' chuan mu'n cuairt air Breatunn, ged nach bu léir dhaibh-san iad; agus a' chionn gu'n do dhichuimhnich iad a' chabhlan neo-fhaicsinneach sin, cha tug iad breith chothromach air èisean na rìoghachd aig an àm. Do bhrìgh gu bheil Dia ceart agus cumhachdach faodaidh an duine no an rìoghachd a leanas fireantachd a bhi fo dheagh mhisnich, oir cogaidh na reultan o an sligheannaibh àrda air an taobh.

Sith, lànachd sith

II. Tha an naigheachd so a' teagasg nach éirich olc air bith do shluagh an Tighearna. Tha an fhìrinn so air a sgrìobhadh anns a' Bhiobull o cheann gu ceann, ach tha i gu sònruichte air a sgrìobhadh ann e leabhar nan salm, ann am briathran maiseach a thuiteas mar an drùchd air an anam.

Esan a ta còmhnuidh an ionad-dìomhair an Ti as àirde, gabhaidh e tàmh fo sgàile an Uile-chumhachdaich.

Fo a sgiathaibh bithidh t' earbsa; bithidh fhìrinn 'na sgèith agus 'na targaid dhuit.

Tuitidh mìle ri d' thaobh agus deich mìle air do làimh dheis; ach cha tig sgrìos am fagus duit-sa.

Chan éirich olc air bith dhuit, agus cha tig plàigh am fagus do d' fhàrdnich.

Bheir e àithne d'a ainglibh mu d' thimchioll chum do ghleidheadh ann ad shligheibh mìle.

Mar tha na beanntan mu thimchioll Ierusalem, mar sin tha an Tighearna mu thimchioll a shluagh.

Còmhaidh an Tighearna thu o gach olc; còmhaidh e d' anam.

Chan 'eil na geallaidhean so a' ciallachadh gu'n téid trioblaidean na beatha so seachad air an fhìrean mar nach téid iad seachad air an aingidh; ann an seadh fìor tha an aon ni a' tachairt do'n aingidh agus do'n fhìrean; ach tha iad a' ciallachadh gu bheil sluagh an Tighearna, am measg trioblaidean an t-saoghail, air an cumail suas agus air an neartachadh ann an dòigh nach aithne do chàch. Eadhon am measg buaireas agus àmhgharan am beatha tha iad a' mealtuinn làthaireachd Dhe, agus tha sith Dhe 'n an cridhe, agus a chionn gu bheil sin aca, cha chaill iad am misneach no an dòchas, is gheibh iad neart a réir am feuma.

Tha am fear a sgrìobh an litir chum nan

Eabhrudheach ag innseadh dhuinn mu na deuchainnean uamhasach a dh' fhiosraich na naoimh o shean; "sgìùrsadh iad; chuireadh am prìosan iad; chlachadh iad; shàbhadh as a chéile iad; chuireadh gu bàs leis a' chlaidheamh iad; bha iad ann an uireasbhuidh, ann an trioblaidean, ann an cràdh; bha iad 'n an fògarrach air sléibhteann, ann an uaimhean, agus ann an sluic na talmhainn." Cha b'urrainn iad san a ràdh gu robh geallaidhean nan salm air an còimhlionadh dhaith gu litireil, ach le aon ghuth agus le aon chridhe, thug iad fianuis gu robh na geallaidhean sin air an còimhlionadh dhaibh ann an dòigh a b' fheàrr, agus gu robh aingeal làthaireachd an Tighearna maille riu a ghnàth, 'n am fulangasan. Eadhon anns an lasair theinne no an beul an leòghainn bha comhfhurtachd an Dhe an taobh a stigh dhiubh a' toirt sòlas d' an anam. Bha an suilean air am fosgladh is chunnaic iad carbadan-teinne mu'n cuairt orra, no mar chunnaic Stephan nàmh fosgailte agus Mac an duine 'na sheasamh aig deas làimh Dhe.

An Call as miosa

Tha call ann as moisa na call codach, no tinn-eas cuirp, no bàs chàirdean, no plàigh a shàruicheas a' bhodhig, no bròn a ni trom an cridhe, agus is e sin, tuitean air falbh o Dhia tre pheacadh no tre as-creideamh, air chor agus gu bheil aghaidh Dhe air a foluch uainn, agus nach 'eil faireachduinn idir againn gu bheil Dia ann. An uair a thachras sin tha anam an duine a' dol a steach do thir choimhich a tha fuar is dorcha mar an uaigh. Tha e gun chòl, gun aobhneas, gun dòchas, gun chùl-taice; anns an t-suidheachadh thruagh anns an robh anam an t-salmadair an uair a ghlaoidh e, "Chuartach doilgheasan a' bhàis mi, agus ghlac piantan ifrinn mi; fhuair mi teinn agus bròn." O'n olc sin agus o'n fhiosrachadh shearbh sin saoraidh Dia a shluagh; togaidh e suas iad agus socruichidh e an casan air a' charraig. Anns an dorchadas togaidh e dealradh a ghnùise orra, agus tha gnùis Dhe do anam an duine mar bhlàths caomhail na gréine.

Ach ma tha e fìor gu'n toir làthaireachd Dhe sith agus misneach agus fòis inntinn d'a shluagh am measg buaireas an t-saoghail, tha e fìor mar an ceudna gur e a làthaireachd-san an dìon as fheàrr is urrainn a bhi aca o bhuaireadh agus o gach nàmhaid a tha an tòir air an anam. Chan 'eil blas anns a' pheacadh do dhaoine a tha tighinn beò ann an co-eomunn Dhe, agus a bhlaiss gur maith agus gur mìlis e. Is fheàrr leò aon là an ciùrtibh Dhe na mìle la am pàill-unaibh aingidheachd. Do bhrìgh gu bheil Crìosd air a dhealbhan an taobh a stigh dhiubh tha iad a' bàsachadh do gach ni nach 'eil a réir inntinn Chriosd, air chor agus nach 'eil cumhachd aig a' pheacadh thairis orra na's mò. Tha

spiorad Chrìosd annta 'g an deanamh saor o lagh a' pheacaidh agus a bhàis, agus a' toirt dhaibh na buadha. Is e so neart a' chreidmhidh an aghaidh a naimhdean spioradail; air dha an t-aran nèamhaidh a bhlasad aon uair caillidh e a chàil do thaois ghoirt a' pheacaidh. Tha gaol aige air na nithean a tha shuas, is bheir an gaol sin saorsa dha o chuing nan nithean a tha bhos.

Na sùilean dall

III. Anns an t-saoghal mu'n cuairt oirn tha miltean is miltean de chomharran air uachdranachd is riaghladh an De bheò; tha a mhìorbhuilean ri 'm faicinn an diugh fhathast mar anns na làithean o sheau; tha a chumhachd is feartan dìomhair a ghràidh ag oibreachadh air taobh fìrinn is ceartais, agus air taobh na muinntir a choimhideas àitheantan, ach tha sùilean dhaoine dùinte agus cha léir dhaibh na comharran sin. Tha iad mar bha Hagar anns an fhàsach; cha bu léir dhi an tobar a bha dlùth dhi gus an d' fhosgail Dia a sùilean. Chual iad le 'n cluasan agus dh' innis an aithrichean dhaibh an obair a rinn Dia anns na

làithean adh' fhalbh; ach tha sin uile dhaibh mar sheann sgeul, is chan 'eil iad a' toirt an aire gu bheil Dia 'n ar meadhon an diugh. Chummacas eich agus carbadan Dhe air an t-sliabh ann an òg-mhaduinn an t-saoghail, anns an àird an Ear, ach chan fhaicear iad na's mò; chan 'eil ri fhaicinn an diugh ach an sliabh lom is armailtean nan coimheach. Mo thruaigh! a Mhaighistir, ciod a ni sinn? Fosgail, a Thighearna, an sùilean, a chum gu'm faic iad; a chum gu'm faic iad gu bheil Dia 'n am meadhon agus gu bheil a spioradan-frithealaidh mu'n cuairt orra.

Is beag an tairbhe a tha ann dhuinne gu robh an Tighearna 'n a Dhia do Abraham, agus do Isaac, do Jacob, agus do aithrichean eile an t-seann t-saoghail, mur bheil e 'na Dhia dhuinn féin, agus mur bheil earbsa againn gu bheil a làmh 'g ar stiùradh agus a chumhachd 'gar gleidheadh. Fosgail, a Dhe, ar sùilean, a chum gu'm faic sinn do lorgan 'n ar beatha féin agus ann an cùrsa an t-saoghail; gu'm faic sinn do ghliocas agus do ghràdh anns gach freasdal anns a bheil iad air an nochdadh, agus gu'm faic sinn iad gu sònruichte ann an crann-ceusaidh do Mhic, mìorbhuil t' oibreachaidh air fad.

Anns a' Chathair

AN là roimhe leugh mi leabhar a bha air a Achur a mach o chionn beagan bhliadhnachan fo'n ainm *Dà Chailin Sgitheanach*, leabhar anns a bheil am fear a sgrìobh e ag ràdh gu'n do rinn e oidhirp air dealbh fìor a thoirt dhuinn air beatha agus gné nan daoine anns an Eilean.

Chan 'eil an leabhar furasda a leughadh; chan 'eil ealadhain aig an fhear a sgrìobh e air naigheachd innseadh gu réidh simplidh, gun dol a null no nall; tha na daoine air a bheil e ag ionradh ann a' gluasad air feadh nan duilleagan mar gu'm faicadh tu lorgan choineanan air feadh an t-sneachd, air chor agus nach 'eil e furasda an dara h-aon dhiubh a dhealachadh o'n aon eile.

Ach tha aon bhoirionnach grannda ann a tha seasamh a mach gu soilleir o chàch uile, Seònaid Mhór, an Seceder; agus is e gu bheil ise ann a thug orm tarraing a thoirt air an leabhar idir air an duilleig so.

Chan 'eil taobh agam-sa ris na Seceders, is tha fhios agam gu maith nach bu bhuidhe leòsan taobh a bhì aca rium, ach air a shon sin, tha mi an dùil nach robh e ceart do'n fhear a sgrìobh an leabhar so Seceder a dheanamh de Sheònaid Mhóir. Co dhùibh a bha e 'ga chiallachadh no nach robh (tha mi an dùil gu robh e 'ga chiallachadh) tha Seònaid Mhór air a cur m' ar coinneamh mar gu'm b'è sud an seòrsa dhaoine a tha anns na Seceders anns an Eilean Sgitheanach. Tha mi cinnteach gur e sin a shaoileadh coigreach air bith a leughadh an

leabhar so, agus gun còlas eile aige air na Seceders; theireadh e ris féin nach robh buaidh cheart air bith aig an diadhaidheachd air an cridheachan no air an caitheamh-beatha, agus gu'm bu cho mhaith leis a bhì 'na chinneach ri bhì am measg nan Seceders.

Ged nach aithne dhòmhsa móran de na Seceders tha mi cinnteach nach 'eil dreach na fìrinn air an dealbh a gheibhear orra anns an leabhar so, far a bheil e air innseadh gu'm biodh Seònaid Mhór agus ministear de na Seceders a bhiodh a' fuireach leatha ag òl còmhla; a' measgadh cul-chàineadh le cràbh-adh, agus a' seinn shalm eadar na gloine-achan a bhiodh iad ag òl. Creididh mi gu bheil na Seceders cumhann 'n am beachdan, ach cha chreid mi gu bheil cealgaireachd annta, no cràbhadh feall, nach 'eil anns a' chòrr de mhuiinntir an Eilein.

Is e an fhìrinn gu bheil leithidean Seònaid Mhóir ri fhaotainn anns a' h-uile eaglais, ged a dh' fhaodas barrachd ùghdarrais a bhì aca anns na h-eaglaisean beaga na tha aca anns na h-eaglaisean móra. Sin aon rud maith a gheibhear ann an eaglais mhór, gur motha an eaglais féin na duine air bith a tha innte, agus nach téid aig grunnan de dhaoine neonach air cumadh an intinnean féin a thoirt air an eaglais. Bhitheadh e fada na b' fhasa do leithid Seònaid Mhór a beachdan agus a dòighean neònach a cheangal mar chuing air daoine eile ann an eaglais bhig na bhitheadh e ann an

eaglais na h-Alba. Tha iomadh seòrsa dhaoine ann an eaglais na h-Alba; daoine maith, is daoine dona, is daoine meadhonach; ministearan a ghabhas gloine drama mar a ghabhadh ministear nan Seceders, is ministearan eile a tha cho fada an aghaidh an uisge-bheatha s' nach toigh leò fear tighe-òsda a bhì anns a' choimhthional aca; daoine aig a bheil beachdan Calvin a thaobh puingeann creidimh agus teagaisg, is daoine eile a ghabhas an rathad féin agus a leanas solus an reusain féin a dh' aindeòin ciod a thubhairt Calvin. Sin an rud as fheàrr ann an eaglais na h-Alba uile gu léir; gu bheil i 'na h-eaglais choitcheinn anns an t-seadh so; gu bheil i 'na Màthair a tha os cionn a cloinne, agus na s' farsuinge 'na cridhe na gin d'a cloinn. Faodaidh cuid de'n chloinn a bhì neònach, ach ma tha, chan e an guth guth am Màthar. Tha gliocas, is farsuingeachd cridhe, is coitcheinnas, anns an t-seana Mhàthair, a chumas leithidean Seònaid Mhór 'n an àite féin, agus a chumas eadhon na diadhairean agus na sgoilearan mòra 'n an àite féin.

Ach cha b' ann air an t-saorsa bheannaichte a tha againn ann an eaglais na h-Alba o leithidean Seònaid a bha mi dol a bhruidhinn aig an àm so, ach air rud eile uile gu léir. Ged nach 'eil e ceart gu'm biodh baobh no béist mar bha Seònaid air a' fàgail air làmhnan nan Seceders, mar gu'm b' ann dhaibh-san a mhàin a bhuineadh i, tha e ceart gu'n togadh Crìosduidhean anns na h-eaglaisean uile an guth agus am fianuis an aghaidh an seòrsa cràbhaidh a bha aice, cràbhadh anns an robh i a' creidsinn, agus anns a bheil gu leòir de dhaoine eile a' creidsinn cuideachd, a chionn gu bheil iad an dùil gur toigh le Dia e. Ach is e a tha Dia ag ràdh, *Nìghibh; glanaibh; cuiribh air falbh olc 'ur deanaidais as mo shealladh; sguiribh de'n olc; fòghlonaibh maith a dheanamh; iarraibh breith-eanas; deanaibh fiasgladh air an fhear a tha*

sàruichte; cumaidh còir ris an dilleachdan; tagraibh cùis na bantraich.

Cha do rinn Seònaid Mhór dad de na nithean sin is cha robh nàire orra nach do rinn; theireadh i nach robh anna ach oibrichean an lagha, agus nach sàbhaladh sin anam duine mur robh e air a thaghadh anns a' chumhnanta shiorruidh. Bha i mosach, is farmadach, is gamhlasach; daonnan a' càineadh dhaoine eile, agus a' togail droch thuailleas orra; bheireadh i an car as a' bhantraich agus as na dilleachdain air ghaol airgid; ach a dh' aindeòin sin uile, bha i a' creidsinn agus a' faireachduinn gu robh i 'n a boirionnach diadhaidh, eudmhor air taobh na firinn, agus fallan anns a' chreideamh.

Ciod a their thu fhéin, a leughadair, mu leithidean Seònaid; daoine a tha da rìreadh a' creidsinn gu bheil iad fhéin diadhaidh ged tha iad olc; daoine a tha air am fillleadh cho teann 'n am féin-fhìreantachd 's nach cuireadh eadhon an Spiorad Naomh as am beachd iad; daoine a tha ag àrdachadh fallaineachd creidimh os cionn ùmhlachd, os cionn tròcair, os cionn gràidh, ged nach 'eil anns an rud ris an abair iad fallaineachd creidimh ach dia no iodhol a rinn iad de bhriathran cràbhach a fhuair iad o na h-aithrichean, air neo teine-sionnachain a tha 'n an inntinn féin.

Sin tomhseachan nach 'eil furasda fhuasgladh. Tha cràbhadh is cràbhadh ann; faodaidh duine a bhì cràbhach gun a bhì diadhaidh, is faodaidh e bhì diadhaidh gun a bhì crìosdail, ach is e a' chrìosdalachd an nì as maisiche air thalamh. A nis mairidh cràbhadh, diadhaidheachd, crìosdalachd, na trì nithean sin, ach is e crìosdalachd as mò dhiubh uile.

Bha Seònaid Mhór cràbhach, ach cha robh i diadhaidh, agus idir idir cha robh i crìosdail. Coma leam ciod an t-eud a tha ann an daoine m' an rud ris an abair iad teagasg fallan mur bheil iad 'n an daoine crìosdail.

Lighiche Caomhail

*Thig crìoch air an t-saoghal
Ach mairidh gaol it ceòl.*

IS fhada an glaoth o Achnacloich anns an Leilean Sgitheanach gu Lambarene anns an Afric an Iar, ach is fhaide na sin o chéile, 'n an cridhe agus 'n an cràbhadh, Seònaid Mhór agus Albert Schweitzer. A réir a beachd féin tha Seònaid fallan anns a' chreideamh; tha amharus aice gu bheil na h-uile dhaoine nach buin do'n eaglais aice féin, agus nach abair Sibolet anns an dòigh anns am bi ise 'ga ràdh, air an t-slighe fharsuing gu sgrios, ach air a shon sin, chan 'eil innte ach droch bhoirionnach; tha a cridhe làn mi-rùin is salchar. Chan 'eil Albert Schweitzer fallan anns a' chreideamh idir (a réir leithidean Seònaid) ach air a shon sin, thréig e

tigh, is dachaidh, is pàrantan, is bràithrean, agus uile shòlasan na Roinn Eòrpa, is chaidh e mach do'n Afric an Iar a fhrithealadh do dhaoine dubha ann an spiorad Chrìosd. Innis dhomh, a leughadair, cò de'n dithis so as taitniche am fianuis Dhe, am fear aig a bheil cridhe caomhail, iochdmhor, glan, ach nach h-urrainn Sibolet a ràdh ach gu liodach, no an t'éig a bheil cridhe cruaidh, mosach, salach, ach d' an urrainn Sibolet a ràdh gun lodaiche, agus Mesopotàmia cuideachd.

Ann an Gnìomharan nan Abstol tha Lucas a' bruidhinn air Barnabas agus Pòl mar dhaoine a chuir am beatha an cunnart air son an Tighearna

Iosa Crìosd. Tha gu leòir de dhaoine a' deanamh sin an diugh fhathast; tha Albert Schweitzer 'g a dheanamh ann an Lambarene.

Rugadh e an 1875 ann an Alsace (an dé leis a' Ghearmailt, an diugh leis an Fhraing); mac ministr air a thogail ann an dachaidh a bha gu maith lom a thaobh sòghaltachd an t-saoghail so, ach anns an robh pailteas de dhà rud a ni dachaidh air bith anns a bheil iad sona agus beartach, *gaol agus ceòl*.

Bha e 'n a sgoilear barrichte; m' an robh e ach 'n a fhìor dhuine òg bha e 'n a fhear-teagaisg ann an Oil-thigh ainmeil, a' sgrìobhadh agus a' cur a mach leabhraichean a bha air an leughadh le sgoilearan eile air feadh na Roinn-Eòrpa uile. A thuilleadh air sin bha ealadhain anabarrach aige air an òrgan a chluich; bha e 'n a mhaighstir am measg mhac is nigheanan a' chùil.

Ach an uair a bha e fàs ainmeil mar dhiadhair agus mar sgoilear agus mar fhear-cùil, thòisich an smuain air tighinn 'na inntinn gu robh Dia 'g a ghairm gu seirbhis eile, agus gu'm b' e a dhleasdanas mar aon de luchd-leanmhuinn Chrìosd glòir shaoghail a leigeil seachad agus dol a mach do'n Afric a leigheas creuchdan nan daoine dubha a bha gun lighichean. Leugh e ann an leabhar mu chor truagh nan daoine anns an Afric an Iar, is chaidh e a chadal agus a shuaimheas gus an do rinn e suas inntinn dol a mach thuca 'gan cuideachadh.

Leig e dheth an dreuchd a bha aige mar fhear-teagaisg, is chaidh e air ais do'n Chollaist mar oileanach, a dh' ionnsachadh na dotaireachd, gus e fèin ullachadh air son na seirbhis air an do leag e a chridhe.

Ann an 1913 chaidh e mach do'n Afric an Iar, is tha e nis ag obair ann an àite ris an abrar Lambarene, àite a tha teth is fhuich is neo-fhallan; làn fiabhruis agus cho neo-fhallan 's nach urrainn duine geal fuireach ann na's fhaide na dà bhliadhna aig an aon àm. An ceann bliadhna fhéin tòisichidh fhuil air fas cho tana 's nach 'eil e furasda dha obair a dheanamh.

B' e a' cheud ospidail a bha aig Albert Schweitzer seann tigh-cheare; anns an tigh cheare sin thug e faochadh is leigheas is dòchas do cheudan de dhaoine truagh a bha air an sàruchadh le pian. Cha robh duine aige a chuidicheadh e ach balaich òga de mhuinntir an àite a bha e fhéin ag ionnsachadh. An diugh tha ospidail ùr aige a chumas suas ri naoi fichead duine, air a dhealbh 's air a chur suas leis fhéin; anns an

ospidail sin tha obair na tròcair a dol air aghaidh gun sgrur.

Chan e mhàin gu bheil e a' deanamh na h-oibre so ach tha e 'ga deanamh ann an tomhas mór air a chosdus féin. Chan e eaglais no comunn soisgeulach air bith a tha 'ga chumail suas; a h-uile sgillinn de thighinn-a-stigh a tha aige o na leabhraichean a tha e a' sgrìobhadh, o na h-òraidean a bhios e a' liubhairt, agus o na cuirmean-ciùil anns am bi e a' cluich an òrgan, an uair a thig e air ais do'n Roinn-Eòrpa, tha e a' cur anns an ospidail. Ach tha sin 'na uallach trom air, oir tha e a' ga chumail o fhois a ghabhail an uair a thig e nall. Tha e a' ghnàth ag obair, a bhos is thall.

Bu nàrach mur biodh daoine crìosdail anns an t-saoghal aig am biodh iartus air an obair so a chuideachadh. Tha sin ann; tha daoine anns a' Ghearmailt, anns an Fhraing, an America, agus am Breatunn, a tha taingeil an cothrom fhaotainn cuideachadh leis, ach theagamh nach tugadh Seònaid Mhór am bonn-a-h-ochd dha.

Thug Oil-thigh Dhunéideann agus Oil-thigh Chill-rìmhinn D.D. dha. An uair a bha e an Dunéideann am bliadhna, agus maithean an fhòghluim eruinn, fhuair e a bheatha a dheanamh mar nach fhaca mise air a dheanamh do dhuine eile riamh; seann daoine a bha iad féin ainmeil agus a rinn obair mhór anns an t-saoghal, agus oileanaich òga aig a bheil obair am beatha fhathast ri dheanamh,—thog iad uile iolach an uair a sheas Albert Schweitzer air am beulaibh. Is e bu chiall do'n iolach sin, gur e a' bheatha air a bheil meas againn uile 'nar cridheachan, beatha an duine sin a tha gaisgeil is caomhail is gràdhach mar bha Crìosd. Air uairean tha meas is iarraidh againn air nithean eile; is toigh leinn airgid, is comhfhurtachd, is dìomhanas, is ùghdarras, is inbhe; is toigh leinn glòir shaoghail agus na ceud chaithrichean, *ach an uair a thig sinn thugainn féin*, b' fheàrr leinn a bhì gaisgeil, is caomhail, is gràdhach, seach gach nì eile air thalamh.

Bha beagan seanchais agam-sa, an Dunéideann, ri Albert Schweitzer, is thami 'ga ainmeachadh air an duilleig so air son trì reusoin; (1) air ghaol urram a thoirt do dhuine d'an dlighear urram, (2) air ghaol ar cridheachan fuar a bhlaiteachadh aig an teine a tha 'na chridhe-san, agus, (3) air ghaol leabhar beag cùbhraidh a sgrìobh e a mholadh do leughadairean nan duilleagan so, *Aig oir na Coille Ghruamaich*.

Ann's a' Choille Bheithe

*Phòs mi luid air son a cuid
Dh' fhalbh a cuid, ach dh' fhan an luid.*

OCH, Och, nach ann dha a dh' éirich an tubasta! Ach bu mhaith an airidh; cha d' fhuair e ach na thoill e. Air cho gaolach agus 'g

am bi duine air poitean feòla na h-Eiphit bu chòir dha an Eiphit a sheachnadh, oir chan fhaigh e anns an Eiphit ach an rud a fhuair sluaigh an

Tighearna innte riamh, daorsa agus campar spioraid. Air cho gaolach agus 'g am bi duine air airgid bu chòir dha an luid a sheachnadh, oir chan 'eil anns an luid ach an luid fhéin, agus cha bhí innte ach an luid gu bràth. B' fheàrr leam fichead uair a bhí air mo cheangal ri té anns an robh sgealb bheag de'n deamhan seach luid a phósadh, oir gabhaidh droch spioradan tilgeadh a mach le ùrnuigh agus trasgadh, ach cha chuirear a luideachas a mach á mnaoi gu dilinn.

Tha an luid coltach ris na bàird, a tha air am breith 'n am bàird. Mur bheil a' bhàrdachd ann an duine gu nàdurra cha ruig e a leas feuchainn ri h-ionnsachadh. Air a' cheart dòigh tha seòrsa bhoirionnach ann a tha luideanta gu nàdurra; ged chuireadh tu iad seachd bliadhna a dh' ionnsachadh banachas-tighe ann an Atholl Crescent, an Dunéideann, cha bhiodh anna ach na luidean air a' cheann mu dheireadh. Bu mhaith an gnothuch na'n gabhadh *keel* a chur air an t-seòrsa so, 'n an òige, cleas nan caorach, air chor agus gu'n seachnadh burraidhean iad.

Anns a h-uile tigh, ach gu sònruichte ann an tigh fir-oibre, tha an roinn as motha de riaghladh an tighe ann an làmhnan bean-an-tighe. Ma tha ise deanadach, glic, crionna, sgoinneil, chi thu comharran na sgoinne cho luath 's a chuireas tu do chas air an stairsnich; agus air an làmh eile, mur bheil innte ach an luid, faodaidh tu sin aithneachadh air a fear an uair a shuidheas e am measg seanairean a' bhaile. *Is lom fear na droch mhnatha air a' mhachair Uidhisteach.*

Chan 'eil daoine air an t-saoghal air a bheil uiread meas agam 's a tha agam air mnathan sgoinneil a tha riaghladh thighean air tuarasdal no tighinn-a-stigh bheag; a' togail theaghlachean ann an comhfhurtachd agus ann an deusantachd gun fhios ciamar, ach a mhàin le an sgoinn féin. Tha e duilich do thé sam bith tigh a chumail suas an diugh air tuarasdal beag, oir tha fassain na dùthcha air atharrachadh, ach tha màthraichean sgoinneil 'ga dheanamh sin mar bha iad 'g a dheanamh riamh, le banachas-tighe cùramach. Bheir iad air an tasdan dol cho fada ri crùn dhaoine eile.

Tha e trughadh do fhear air bith rolaist de mhnaoi a bhí aige, co dhiubh a tha ann tuathanach, no bancair, no easbuig, no maighstir sgoil (an seòrsa dhaoine aig a bheil gu leòir de airgid), ach tha e na's truaighe air fad do fhear-oibre, oir tha dòigh a thighe-san uile gu léir an crochadh ris an t-seòrsa mnatha a tha aige. Ma tha bean thapaidd ghleusda aige, bithidh a h-uile rud ceart, eadhon air an tuarasdal bheag, ach mur bheil aige ach luid, bithidh a thigh lom agus a chlann ruisgte, a dh' aindeòin cho cùramach 's 'g am bi e.

B' aithne dhomh dà bhràthair a phòs dà

phiuthair, air an aon là; is faodaidh mi innseadh mar thachair dhaibh, a chionn gu bheil e a' cur soluis air an rud air a bheil mi a' bruidhinn.

Bha fear dhiubh, Eachann, 'n a threabhaiche; ach ged bha e 'n a dhuine còir, socrach, stuama, agus 'n a sheirbhiseach maith air acha, bha e car bog agus gun mhóran tùir ann. Ach mar sheòl an t-Agh e phòs e té anns an robh de thùr na dheanadh feum dhaibh le chéile. Chan aithne dhomh car son a ghabh i e—tha na nithean sin dìomhair agus os cionn m' eòlais—ach co dhiubh ghabh i e, agus bu mhaith dhàsan gu'n do ghabh. Tha an diugh còignear chloinne aca (teaghlach mór anns na làithean so) agus dachaidh cho bòidheach sona 's a tha anns an dùthaich ged nach eil de thighinn-a-stigh aca ach tuarasdal sgalaig. Chan 'eil cion bidh no aodaich orra; tha iad sona toilichte le chéile, agus tha iad a' togail an cloinne a cheart cho mhaith ri clann a' bhancair no ri clann an tuathanaich aig a bheil Eachann. Chan 'eil Eachann fhéin uair air bith gun chomas dol do'n eaglais, a chionn nach 'eil deise Shabaid aige, agus ged bha e car bog, mar thubhairt mi cheana, rinn a bhean duine dheth. Tha coslas na sgoinne air an dachaidh aca; tha an tigh agus a' chlann daonnan glan, agus bean-an-tighe aoibheil sgiobalta, air chor agus nach 'eil uair a chi mi i nach dean mi mo bheic dhi mar a dheanaim do bhean an Diùc. Aig Nì-maith a tha brath ciamar a tha dol aice air a tigh a riaghladh cho òrdail sgoinneil, ach co dhiu, tha i 'ga dheanamh. Tha i maith air còcaireachd agus maith air fuaiqeal, agus a thuilleadh air sin tha slàinte mhaith aice. Tha cion na slàinte brònach ann an dachaidh air bith, ach ann an dachaidh fir-oibre tha feum air an t-slàinte na's mò na tha oirre ann an àite eile.

Bha am bràthair eile, Seumas, 'n a shaor. Bha e 'n a làmh mhaith agus a cheart cho stuama ri Eachann; a' cosadh suas ri ceithir notaichean 's an t-seachduin. Bha an té a phòs esan ag obair ann am bùth; caileag bhòidheach, ach té de na caileagan ribinneach aig nach 'eil eòlas air obair tìghe.

An toiseach chaidh leò glé mhaith; ged nach robh i suas ri obair, cha robh an obair trom, agus bha e dol aice air i fhéin agus air an tigh a chumail car sgiobalta. Ach an déidh dhi a' cheud phàisde fhaotainn thàinig an rud a bha innte gu nàdurra am follais; dh' fhàs i 'na luid. Chan èireadh i gu deich uairean, agus glé bhitheanta, an uair a thigeadh an duine dhachaidh gu dhinneir bha soithichean na briceis salach fhathast air a' bhòrd; a ceann féin gu robach gun chùradh, agus a brògan gun dùnadh. Leig i ruith leatha féin gu buileach; cha robh grinneas 'n a pearsa no 'n a h-aodach, ged bha i glé riomhach m' an do phòs i.

An uair a thàinig an ath phàisde bha cùisean na bu mhiosa air fad. B' fheàrr leatha biadh

bruich a cheannach as a' bhùth seach biadh a ghréidheadh, agus luideagan a dh' aodach saor a cheannach dhi fhéin is do na pàisdean seach làmh a thoirt air figheadh ro fuaigheal. Ged bha tuarasdail maith aig an duine chuir i am fàchann e, agus a dh' aindeòin a chridhe cha bheireadh an dara sgillinn air an sgillinn eile.

Is e thàinig as gu'n do chaill Seumas tlachd d'a thigh; an àite an oidhche a chur seachad aig taobh a theallaich féin, mar b' abhaist dha a dheanamh, thòisich e air suidhe anns an tigh-òsda far am faigheadh e blàths is comhfhurtach is conaltradh. Tha e duilich do dhuine air bith an oidhche a chur seachad gu sona toilichte aig a theine féin, ma tha an teine sin air bheul a bhias, an tigh gun sguabadh, agus gach rud 'na bhroinn purraich air tharraich; pàisdean a rànaich a chionn gu bheil iad salach agus air an

droch chàramh, agus bean an tighe 'na luid, gun ghrinneas gun loimn.

Sé bliadhna deug roimhe so theireadh a h-nìle duine d'am b' aithne iad gur e Seumas duine a b' fhéarr na Eachann, agus gu'n deanadh e a rathad na b' fhéarr anns an t-saoghal, ach an diugh tha Seumas 'n a dhuine gun spiorad, gun mhìsneach, gun dachaidh ris an fhiach dha dachaidh a ràdh, a chionn gu'n do phòs e luid; agus tha Eachann 'n a dhuine aig a bheil sonas agus imtinn thoilichte, agus a leigeanas-a-leas de chomhfhurtachd, a chionn gu'n do phòs e bean-tighe mhaith.

Chan 'eil ealadhain as àirde as urrainn boirionnach ionnsachadh na banachas-tighe; is e a tigh agus a dachaidh féin an rìoghachd a bhuineas dhi gu nàdurra; agus mur téid aice air an rìoghachd sin a riaghladh le sgoimn is smachd b' fhéarr dhi dol do thigh nan cailleacha-dubha.

Aig an Uinneig

Facaill Ghàidhlig

CHUIR cuid mhaith de dhaoine facaill Ghàidhlig thugam air son nam facal Beurla a thug mi dhuibh o chionn dà mhìos, ach tha eagal orm nach do thoil mórán dhuibh ach curran a bhi air a thairgsinn dhaibh.

B' e an dithis a b' fhéarr Iain N. Macleòid, anns a' Chnoc-Bhàn, agus Seòras E. Marjoribanks, an Sonachan, dlùth air Dail-Mhàillidh.

I. N. M.

Efficiency	Tairbhe
Nerves	Feithean-mothachaidh
Stunt	Iomairt
Venecr	Cleòca meallta
Space	Farsuingeachd
Vegetarian	Meas-fhear
Missionary	Teachdaire
Pacifist	Fear-réiteachaidh
Frying-pan	Greideal-ròslaidh
Degree	Onoir Oil-thigh
Flapper	Maighdean
Cheque	Urras-airgid
Cynic	Fear-dramdanach
Optimist	Duine sìor-dhòchasach
Genteel	Suairec
Propaganda	Craobh-sgaoileadh
Steam-engine	Asuinn-toiteir
Myth	Faoin-sgeul
Fable	Uirsgeul
Theatre	{ Tigh-seallaidh }
Carpet	{ Tigh-cluiche }
Bore	Brat-ùrlair
Bore	Bleid
Cant	Cealgair eachd
Chaffinch	Breac an t-sil
Blood-pressure	Braise-fala

S. E. M.

Murrachas, Tàbhachd
Na Gioragan
Iomairt
Lìomhadh meallta
An Fhàilbhe
Fèoil-sheachnair
Teachdair-caglais
Sìth-mearnach
Frìochdan
Barantas-fòghluim
Leth-chailin
Bann-airgid, òrdugh-pàighidh
Doirbhean
Fear-an-ro-dhòchais
Pròiseil
{ Iomairtean-adhartachaidh }
{ Craobh-sgaoileadh }
Stoth-bheart
Rolaist: Faoin-sgeul
Sgeul-shàmhlaidh
Tigh-cluiche
Brat-ùrlair
{ Tora-chluaise }
{ Reudan-'n ad chluais }
Cainnt-chealgach
Breac a' mhùill
Caisead-fala.

The mysterious blonde, ensconced luxuriously in furs in a first-class railway carriage, was approached by an Inspector of Police, accom-

A dh' ionnsuidh aisling na h-ighinne bàine so, is i 'n a sineadh gu seasgair sòghail, 's a bianan mìne m'a cluasan, ann an ceàrnag a

b' uaisle midheam de'n charbad-iaruinn, thàinig maor-sithe, agus am maighstir-stéisinn, 'san geard, agus fear-tionail thiocaidean 'na chois. *S.E.M.*

A h-uile duine a dh' fheuch ris an naigheachd so innseadh, dh' eadar theangaich iad a 'Bheurla, facal air fhacal; cha tug iad an aire gur h-e a dh' iarr mi orra an naigheachd innseadh mar gu'm biodh i air a h-innseadh le fear de mhunn-tir Chille-sgumain a chunnaic an rud. Tha caladhain aca an Cille-sgumain air naigheachd innseadh, 'nan dòigh fhéin, a cheart cho mhaith ri Edgar Wallace, is tha mi an dùil gu'n innseadh iad i so gu maith beòthail.

Cruinneachadh Ionar-pheofharain

Tha cruinneachadh de'n cheart sheòrsa a bha ann an uiridh ri bhì an Ionar-pheofharain am bliadhna a ris, o Dhi-luain, an t-siathamh là fichead de September gu Di-haoine, an deicheamh là fichead. Bithidh R. B. Stiùbhard air cheann nan coinneamhan, is tha dùil gu'm bi an t-Urramach F. W. Ainley, M.A.; an t-Urramach D. M. Mac an t-Saoir, M.A.; agus an t-Ard-urramach, an t-Easbuig Taylor Smith, K.C.B., D.D., am measg na feadhach a bhios a' labhairt.

Aig na coinneamhan so thatar ag iarraidh a' cheart bheannachd spioradail a fhuair mórán

dhaoine cheana an Keswick, dearbhachd fhaotainn gu bheil e comasach do'n chreidmheach ruighinn, eadhon anns an t-saoghal so, air beatha naomh, gun bhuaidh aig a' pheacadh thairis air, tre chreideamh anns an Tighearna Iosa Crìosd agus ann an cumhachd an Spioraid Naomh. Thatar ag iarraidh iarrtuais air na coinneamhan so gu'm bi an tuilleadh iarrtuais air a dhùsgadh ann an cridheachan dhaoine an geall air naomhachd, agus an tuilleadh dearbhaidh gu'n toir Dia an comas dhaibh-san a dh' iarras e gu dùrachdach le creideamh.

"Car son a bhios tu a' dol do Ionar-pheofharain," arsa fear air chor-eigin, "nach fhaigh thu aig do thigh féin anns na sgrìobturannan dh' fhòghnas dhuit?" "Tha sin fìor," fhreagair am fear eile, "ach aig coinneamhan-ùrnuigh de'n t-seòrsa ud tha e na's fhasa dhomh fhaotainn as na Sgrìobturannan an t-uisge beò a tha anna."

Chan 'eilear a' sealltuinn air eaglais seach eaglais aig a' chruinneachadh so; chan 'eil mughadh air bith eadar eaglais bheag no eaglais mhór; eadar Baistich, no éaglais na h-Alba, no an eaglais Shasunnach; tha na h-uile a bhios ann 'n am bràithrean, 'n an aon ann an Crìosd.

Bheir an t-Urramach H. W. Oldham, Baile-Dhuthaich, an tuilleadh fiosrachaidh mu'n chruinneachadh so do dhuine air bith leis am bu mhaith dol ann, ma sgrìobhas iad thuige.

Apocripa

Gliocas Sholaimh

GHAIRM mi air Dia agus thàinig spiorad gliocais orm.

Roghnaich mi i air thoiseach air slat-shuaicheantais is rìgh-chathair, agus mhcas mi saoi-bhreas mar neo-ni an coimeas rithe.

Ghràdhaidh mi i os cionn slàinte agus maise, agus roghnaich mi i air thoiseach air an t-solus: oir cha téid an solus a tha teachd bhuaipse as.

Thàinig na h-uile nithean maithe còmhla thugam maille rithe, agus saoi-bhreas gun tombas 'n a làmhnan.

Agus rinn mi gàirdeachas anna uile do bhrìgh gu bheil gliocas a' dol romhpa: agus cha robh fhios agam gu'm b'i am màthair.

Dh' fhòghluim mi i gu dichiollach, agus chomh-roimn mi i gu pailt: chan 'eil mi a' foluch a saoi-bhreis.

Oir is ionmhas i nach fàilnich do dhaoine: iadsan a gheibh i, bidh iad 'n an càrdean do Dhia, agus molar iad air son nan tiodhlacan a tha sruthadh o eòlas.

Thug Dia dhomh labhairt mar a mhiannaich mi, oir is e esan a threòraicheas gu gliocas agus a sheòlas na daoine glìce.

Oir 'n a làmh tha sinn féin agus ar briathran; gach uile ghliocas mar an ceudna, agus eòlas gach oibre.

Oir thug e dhomh eòlas cinnteach a thaobh nan nithean a tha; ciamar a rinneadh an saoghal agus deanadas nan dùilean.

Toiseach is deireadh is meadhon nan aimsirean: tionndadh na gréine agus atharrachadh nan tràthan.

Cuaritean nam bliadhnachan agus astar nan reultan.

Gnè nan creutairean beo, agus doirbheadas nam beathaichean fiadhaich: dian-neart na gaoithe agus dìomhaireachd cridhe an duine: lìonmhoireachd nan luibhean agus éifeachd fhreumhan.

Agus gach ni eile a tha folaichte no foillsichte, tha an eòlas agam.

Oir theagaisgeadh so dhomh le gliocas, a dh' oibrìcheas na h-uile nithean: innte-sa tha spiorad tuigseach, naomh, eagsamhail. fìnealta, beò, glan, soilleir, gun truaillleadh, nach gabh dochann, a' gràdhachadh ni a tha maith, nach gabh tilleadh a chur air, deas gu maith a dheanamh.



Simeon anns an Teampull

Agus dh' fhoillsicheadh dha leis an Spiorad Naomh nach faiceadh e bàs, gus am faiceadh e Criosd an Tighearna.—LUCAS ii. 26.

ANNS na làithean ud bha aobhar an Tighearna Agus maith iosal ann an Israel, ach eadhon anns na làithean ud bha fuigheall ann de dhaoine naomh; daoine a bha feitheamh ri teachd a' Mhesiah, agus ag irnuigh gu'n ath-bheòthaicheadh an Tighearna 'obair am meadhon nam bliadhnachan.

B' ann diubh sin Simeon; seann duine ionraic agus diadhaidh aig an robh sùil ri sòlas Israeil. Cha robh cuid no pàirt aige ann an obair no strì an t-saoghail so, oir bha a chridhe cheana anns an t-saoghal eile far an robh 'ionmhas uile. Ach ged bha dà thrìan d'a chridhe air taobh thall na h-uaigne bha e deònach fantuinn air thalamh greis fhathast, oir dh' fhoillsicheadh dha leis an Spiorad Naomh nach faiceadh e bàs gus am faiceadh e Criosd an Tighearna. Mar sin bha e a' feitheamh le foighid mhaith air Dia; a' sior ghuidhe nach cailleadh e a fhradharc gus an dearcadh a shùilean air an Iongantach.

An dràs d' s a ris ann am beatha dhaoine tha là a' tighinn a tha cho aoibhneach is sòlasach 's nach ainm sam bith dha ach *là mòr*. Sin là ris am faodar a ràdh gur e Dia féin a dh' òrduich e, agus nach e neach eile; là a tha làn de chumhachd is de mhaithneas is de thròcair Dhé; là anns a bheil uinneagan nan nèamhan air am fosgladh, agus beannachdan nach gabh tomhas no àireamh air an dòrtadh oirnn; là anns a bheil dorsan nach do shaoil sinn a' fosgladh romhainn, agus tròcairean ris nach robh dùil againn a' frasadh oirnn; là anns a bheil Dia a' deanamh gu h-anabarrach ro-phailt thar gach ni a tha sinn ag iarraidh no a' smuaineachadh.

B'c *là mòr* de'n t-scòrsa sin a bha ann do Shimeon an uair a chunnaic e Criosd an Tighearna anns an teampull, oir choimhlion Dia dha barrachd 's a gheall e. Tha Dia a' deanamh sin daonnan; chan e mhàin gu lìon e an cupan, ach lìonaidh e e gus an cuir e thairis; "dearbhaibh mi nis leis an ni so" tha Iehobhah ag ràdh, "mur fosgail mi dhuibh uinneagan nan nèamh agus mur dòirt mi mach beannachd oirbh, gus nach bi àit ann 'ga chumail." Neor-thàng nach geall Satan rud maith is mòr; ach ma gheallas e cha phàigh e; chan 'eil aige ach gealltanais maith is droch phàighheadh. "Fosglar bhur sùilean," thuirt e ri ar ceud phàrantan (agus ruinne cuideachd) "agus

bithidh sibh mar Dhia; gu cinnteach chan fhaigh sibh bàs." "Uile rìoghachdan an domhain agus an glòir bheir mi dhuit," thuirt e ri ar Slànuighear, "ma thuiteas tu sìos agus gu'n dean thu aoradh dhomh." Tha Satan fhathast a' mealladh dhaoine le bhi gealltainn nan ceart nithean sin dhaibh, fosgladh nan sùl agus glòir an t-saoghail, ach an uair a thig là an tuarasdail gheibhear a mach nach 'eil aige ach na breugan. An àite òir bheir e umha; an àite aoibhneis is glòire bheir e dhuinn bristeadh-cridhe is nàire shiorruidh.

Ach chan ann mar sin a tha geallaidhean an Tighearna. Tha esan na's fheàrr na eadhon fhacal; bheir e seachad barrachd 's a gheall e. Air cho mhaith 's 'ga bheil an earlais sin de'n oighreachd a thug e dhuinn cheana tha an còrr de'n oighreachd na's fheàrr. "Chan fhaca sùil, agus cha chuala cluas, agus cha tàinig ann an cridhe duine gach ni a dh' ullach Dia dhaibhsan aig a bheil gràdh dha." Tha Dia uasal is rìoghail 'na uile ghnìomharan; tha fialaidheachd is farsuingeachd 'na chridhe. An uair a dh' fhosglas e a làmh fosglaidh e i gu *fial*, agus cha dean e maoidheadh; an uair a mhaithneas e ar peacaidhean maithidh e iad gu *pailt*; an uair a ghràdhachas e gràdhachaidh e gu *saor*. Bheir e deagh thomhas, air a dhinneadh agus a' cur thairis.

Bha an là ud anns an teampull, mata, 'na là mòr do Shimeon, oir thug Dia dha fada barrachd na dh' iarr no na smuainich e. Cha robh dùil aige ach gu'n dearcadh a shùil air aghaidh a' Mhesiah, ach a nis choimhlion Dia a ghealladh dha na bu phailte, oir a thuilleadh air gnùis an leinibh fhaicinn ghabhe Slànuighear an t-saoghail 'na ghàirdeanan agus phaisg e tiodhlac Dhé ri uchd 's ri chridhe. Bha aodann an leinibh naomh mar ghath-soluis d'a anam; 'na roimh-bhlas air aoibhneas nèimh, agus le guth tiamhaidh is cridhe làn thog an seann duine fonn an òrain naomh,

*"A nis, a Thighearna, tha thu a' leigeadh le do sheirbhiseach sibhal,
A rèir d' fhacail, ann an sìth;
Oir chunnaic mo shùilean do shlàinte;
A dh'ullaich thu fa chomhair nan uile shluagh;
Solus air son soillseachaidh nan Cìnneach,
Agus air son glòire do phobuill Israeil."*

Ghabh Ioseph is Muire iongantais ris na nithean a labhair Simeon, ach air do'n t-seann duine na pàrantan a bheannachadh thionndaidh e agus thubhairt e ri Muire, " Feuch, chuireadh an leanabh so air son tuiteam agus éirigh mhóran ann an Israel; seadh agus théid claidheamh troimh d'anam féin."

" *Theid claidheamh troimh d'anam féin.*" Bha Muire ann an dàimh ri Dia anns nach robh neach riamh air thalamh; màthair Chrìosd a thaobh na feòla, ach ged is cinnteach gu'n d' fhuair i sòlasan is beannachdan mar thoradh air an dàimh sin nach d' fhuair a peathraichean, fhuair i mar an ceudna àmhghar nach b' aithne dhaibh-san, agus uile làithean a beatha tuilleadh bha a cridhe air a lot le iomadh cràdh. Thachair dhise mar a thachair d'a mac, thug Dia dhi crann-ceusaidh maille ris a' chrùn; cudthrom fulangais maille ri cudthrom glòire. Fhuair i deagh-ghean o Dhia, agus bha i beannaichte an measg mhathan an domhain, ach cha do shaor sin i o bhròn 's o dhoilgheas; is ann a dh' fhosgail e a cridhe gus an rachadh an claidheamh ann na bu doimhne; chuir e i ann an comunn nan amanna naomh sin a tha air an ceusadh a h-uile là d'am beatha maille ri Chrìosd.

Le fulangas a chridhe shaor an Slànuighear an saoghal; an fulangas a bhuneas do'n Mhaighstir buinidh e d'a sheirbhisich mar an ceudna, agus buinidh e dhaibh anns an tomhas anns a bheil dàimh aca ris. Mar is dlùithe a tha iad dha, is ann is motha am faireachduinn air co-chomunn ffulangais-san. Agus do bhrìgh gu robh Muire na bu dlùithe dha na neach eile de chloinn nan daoine, le iomadh bann dhiomhair is bhlàth, dh' fhaodadh i briathran an fhàidh Ieremiah a ghabhail mar chainnt a cridhe fhéin gach là, " Amhaircibh, agus faicibh a bheil doilgheas sam bith cosmhui ri mo dhoilgheas-a a thugadh orm." Isadan a tha fantuinn ann an co-chomunn Chrìosd agus ag imeachd gu dlùth maille ris, tha aoibhneas an Tighearna aca, ach tha iad mar an ceudna air an lot gach là; tha iad a' faotainn sìthe ach maille ri sìth claidheamh. Tha so ri fhaicinn air gach duilleig de eachdraidh na h-eaglais agus ann am beatha nan daoine a tha leantainn Chrìosd gu dlùth. Agus do bhrìgh gu robh Muire air a ceangal ri Chrìosd na bu dlùithe na eadhon na h-abstoil cò is urrainn géiread a' chladheimh sin a thuigsinn a chaidh 'na h-anam an uair a chunnaic i mac a gaol air a dhimeas agus air a chur air chùl le daoine. Chunnaic i madraidh is tairbh làidir Bhàsan ag iadhadh uime, agus gun neach ann a chuidicheadh e; chunnaic i coimhthional dhroch dhaoine a' deanamh gàire-fanoid ris mar nach bu duine e ach cnuimh is masladh dhaoine; esan a bha naomh is macanta, chunnaic i e air àireamh am measg nan ciontach agus air a dheanamh 'n a thàir

an t-sluaigh. Nach b' fhìor am facal a thubhairt Simeon rithe, *Theid claidheamh troimh d'anam féin!*

Bha a' chuid eile de'n fhàistneach a rinn e a cheart cho fìor, *chuireadh an leanabh so air son tuiteam agus éirigh mhóran ann an Israel; agus air son comharraidh an aghaidh an labhrar.* Is e rùn Chrìosd gu'm biodh clann nan daoine uile 'nan aon ann-san, ach tha an là anns an tachair sin fada air falbh. Ge b'e àite anns a bheil ainm Chrìosd air ainmeachadh tha 'ainm a' togail deasbud agus a roinn dhaoine; tha e a dealachadh dhaoine o chéile; cuid a' faotainn oibheim ann is cuid a' faotainn beatha mhaireannach ann. Is e so a bha e féin a' ciallachadh an uair a thubhairt e, "*An saoil sibh gu'n d' thàinig mise a thoirt sìthe air an talamh? Nì h-eadh, tha mi ag ràdh ruibh, ach roinnean: bithidh iad air an roinn, an t-athair an aghaidh a mhic, agus an mac an aghaidh an athar; a' mhàthair an aghaidh na nighean, agus an nighean an aghaidh na màthar.*"

Ann an làithean fheòla bha e ann an sùilean feadhmach làn gràis is fìrinn, ach chan fhaca feadhainn eile maise air bith ann gu'n iarradh iad e. Chunnaic Tomas glòir Dhé 'na aodann, agus chom e 'na làthair ag ràdh, " Mo Thighearna agus mo Dhia; " ach thubhairt daoine eile nach robh ann ach mealltair is neach a bha labhairt toibheim. An uair a tha Chrìosd air a thogail suas fa chomhair dhaoine tha e an dara cuid 'na àile-beatha a chum beatha dhaibh no 'na àile-bàis a chum bais; tha iad an dara cuid ag éirigh leis no a' tuiteam air. Tha e a' roinn theaghlaichean; tha an t-athair leis agus am mac 'na aghaidh. Mar so tha e a' foillseachadh smuaintean cridheachan mhóran.

Ciamar a tha e d'ar taobh-ne? Cò a tha sibh-se ag ràdh is mi? Sin ceist a tha Chrìosd a' cur oirnn uile; ceist a dh' fheumas sinn a fhreagairt uair-eigin; ceist anns nach 'eil e glic dhuinn dàil a chur no cadal a thoirt do ar shùilean gus am freagair sinn i mar a fhreagair Peadar, " Is tu Chrìosd Dhé." Sin an aon fhreagairt cheart.

Saoraidh e a shluagh o am peacaidhean. Tha e a' tairgsinn duinn sin a dheanamh; a' gealltainn gu'n gabh e ruinn le tròcair chaoimh, gu'n gràdhaich e sinn le gràdh sìorruidh, agus gu'm beannaich e sinn leis gach uile bheannachd spioradail anns na h-ionadan nèamhaidh. Tha Dia daonnan cho mhaith ri fhacal agus coimh-ionaidh e an nì a gheall e. Ma tha sìth no sonas ri bhì againn anns an t-saoghal so feumaidh sinn ar cridheachan a shoeruchadh air na nithean as feàrr; agus is e an t-aon nì as fheàrr na gach nì eile " eòlas a bhì againn air an Dia fhìor agus air Iosa Chrìosd a chur e uath." Chan 'eil duine deas air son a' bhàis gus am faic e, mar chunnaic Simeon, Chrìosd an Tighearna.

Erchie Mhurchaidh agus an Cancer

AN diugh tha gillean nan tuathanach a' tòiseachadh air obair aig seachd uairean 's a' mhaduinn agus a' sgur aig còig. Aig dà-uair-dheug Di-Sathuin tha iad mu réir gu maduinn Di-Luain; gheibh iad là dhaibh féin an dràs 's a ris, is seachduin eadar tanachadh na tuirneap agus gearradh an fheòir, no aig àm eile a tha freagarrach. Ach fad uile làithean a bheatha bha Erchie Mhurchaidh a' tòiseachadh aig còig agus a' sgur aig seachd; cha robh Sathurn no Dòmhnach aige dha féin riamh, is cha mhò a fhuair e seachduin mu réir riamh agus an d' fhuair e an rud ris an abradh e féin na *holidays mhòr*, an uair a thubhairt an dotair gu robh cancer anns an stamaig aige.

Dh' fhaodteadh a ràdh mu Erchie mar tha e air a ràdh mu Isachar ann an leabhar Gheneisis, nach robh ann ach asail làidir a bha crùbadh eadar dha eallach, 'obair làitheil agus togail a theaghlach. Cha robh e gu mughadh ciod an t-àm de'n bhliadhna a bha ann, àm treabhaidh no àm buana, fliuch no tioram, bha Erchie Mhurchaidh a mach aig còig uairean is cha bhiodh a' chuing air a fuasgladh bhàrr na h-amhach aige gu seachd. Bha e dol dhachaidh cho tric ris a' ghealaich 'sa bhiodh e dol dhachaidh leis a' ghréin.

Thog e seachdnar chloinne air pàigheadh beag, ceathrar bhàlach is trìuir nighean, ach ged nach robh iad air an togail ann an seadh air bith eile ach gu'n d' fhàs iad, dh' fhàs iad gu fallan làidir, is chaidh iad uile a dh' obair air an urra féin. Lean na gillean air obair an fhearainn mar rinn an athair romhpa, is phòs iad m'an robh gin aca ceithir bliadhna fichead.

Chaidh na h-igheanan a dh' obair do'n Oban, dithis dhiubh ann am bùth, is an té eile 'n a searbhanta anns an tigh aig Cléireach an t-Siorraim. An uair a thigeadh iad dhachaidh anns an t-samhradh bha iad cho rìomhach agus cho grinn 'n an coslas 's gu robh Erchie mór asda, ged bhiodh e air uairean air a nàrachadh leis cho goirid 's a bha an aodach.

Cia air bith mar thàinig an grinneas orra, cha b' ann o'm màthair a fhuair iad e. Ged nach robh Anna Nic Leòid, bean Erchie, 'n a luid, cha mhò a bha i grinn no sgiobalta, 'n a pearsa no 'na h-aodach. Stùmpag bheag air an robh sròn bhiorach is aodann cruaidh; aig an robh guth sgaileanta, gearanach; daonnan 'na cabh-aig a' fasnadh chlàd ged nach robh an tigh riamh glan. An uair a chitheadh tu nigheanan Erchie Mhurchaidh agus am màthair còmhla bhiodh e duilich dhuit a chreidsinn gu'm buineadh iad d'a chéile.

Ach mur robh na h-igheanan coltach ri 'm màthair bu lugha na sin a bha na gillean a bhiodh a' tighinn a shuirghe orra coltach ri

Erchie; spailpeanaich as an Oban agus á Tigh-an-uillt a bha cheart cho Sasunnach ris na Sasunnaich a bhiodh a' sealgaireachd leis a' Chòirneal; uaireadairean air caol-an-dùirn aca air an ceangal le crios an àite a bhi am pòca na peiteig, far am biodh Erchie a' cur an uaireadair aige féin Di-Dòmhnuidh. Fad na seachduin bha i an crochadh air taraing aig ceann na leapa.

Uair a bha na h-igheanan aig an tigh bha iad a' gearan gu cruaidh nach robh iad a' faicinn an athar ach greis bheag anns an oidhche, a chionn gu robh e ag obair o mhoch gu dubh. Thuirt Ceit, an té bu shine, nach b' fheàrr e dad na tràill; gu robhtar a' gabhail brath air, agus mur bruidhneadh e féin r'a mhaighstir, gu'm bruidhneadh ise, agus gu'n iarradh i air holiday a thoirt dha. "Thig sibh leimn féin do'n Oban," ars' ise.

Ach gun fhios do Cheit no dha féin bha holiday a' feitheamh air Erchie ris nach robh dùil aige. Thòisich pian air tighinn 's an taobh-a-stigh aige, an déidh a bhìdh; air uairean bhiodh òrrais is tilgeadh a' tighinn air, agus aig amannan eile bhiodh e cho goirt 's gu'n tigeadh fallus fuar air aodann. Cha robh e gearanach gu nàdurra, is chum e air féin cho fad 's a b'urrainn e, ach mu dheireadh b' fheudar dha toirt suas, is fios a chur air an dotair.

* * * * *

Thug an dotair dlùth air uair 'ga cheasnachadh is 'ga làimhseachadh; an uair a thàinig e mach as an t-seòmar anns an robh Erchie 'n a laighe, thubhairt e ri Anna, a bhean, gu'm feumadh e dol do'n ospidal; gu'm bu mhaith leis e dhol do Dhunéideann far am faiceadh iad an taobh-a-stigh aige. "Theagamh," ars' esan, "gu'm feum e bhì air fhosgladh; mur seallar air rud de'n t-seòrsa so foadaidh e tighinn gu cancer."

"Ma tha cancer air-san," ars' a bhean, "nach fòghainn sin; nach coma dha cò-dhiù a théid no nach téid e do Dhunéideann, oir chan 'eil ann dha ach am bàs co-dhiù; galair fada is an t-eug 'na bhun?"

Dh' fheuch an dotair ri bean Erchie a chomhairleachadh, ach comhairle cha ghabhadh i. Chan aontaicheadh i gu rachadh e do'n ospidal, is cha mhò a dh' aontaicheadh e féin; "nach fheàrr dhomh," ars' esan, bàsachadh gu deusanta agus gu nàdurra 'n am leabaidh féin seach bùidsearachd a bhi air a dheanamh orm le dotairean?"

* * * * *

Ann an là no dhà bha e air feadh Chille-gumain gu robh cancer air Erchie Mhurchaidh; cancer anns an stamaig. Bu toigh le daoine Erchie co-dhiù, ach dhùisg an cancer co-fhàireachduin làidir ris anns an dùthaich uile.

Thòisich daoine air dol 'ga shealltuinn, is cha robh duine a rachadh 'ga shealltuinn aig nach robh naigheachd dha air duine-eigin a shiubhail le cancer. An toiseach bha na naigheachdan sin a' cur fiann air, ach an ceann greis bu ghasda leis a bhi 'g an cluinntinn, agus mu dheireadh cha robh seachas a b' fheàrr leis na naigheachdan mu dhaoine air an robh cancer; an ùine a bha e orra; c'àite an robh am pian, agus an seòrsa péin a bha ann.

Bha e air a chur 'n a shuidhe ann an cathair-dà-làimhe aig an teine agus gach comhfhurtachd air a thoirt dha. Bha gach greim a bu mhilse air a chothachadh air, is bhiodh a bhean a' foighneachd dheth fichead uair 's an latha, "Ciamar a tha thu nis, a *luaidh*? no ciamar a tha thu nis, a *ghaoil*?" briathran min is blàth ris nach robh e cleachdta. A' cheud uair a thàinig a mhaighstir 'ga fhaicinn thug e thuige pumnd tombaca; thug Tom Elliot, fear an tigh-òsda, botul branndi is dà bhotul fiona thuige, bhiodh bean a' bhancair a' dol 'g a amharc uair 's an t-seachduin agus bascaid aice làn de mheasan agus de mhilsean. Bha sùgh choileach is *cheeli*, air an deanadh le còcaire Frangach, air an cur thuige a h-uile là as an Tigh Mhór, is bhiodh bean a' Chòirneil a' seasamb air uairean aig an doras, a dh' fhoighneachd ciamar a bha e.

Bha Erchie ann an saoghal ùr; cha robh dùil aige gu robh uiread meas aig daoine air, is cha mhò a bha dùil aige gu'm faodadh duine a bhì cho maith dheth agus cancer air. Leis a' chleachdadh bhiodh e a' dèsgadh aig leth uair an déidh ceithir 's a' mhaduinn, an t-àm anns am b' àbhaist dha éirigh, ach a nis an uair a dhùisgeadh e, 's a chluinneadh e an t-uisge a' sadadh air an uinneig anns an dorchadas, chuimhnicheadh e air na truaghain a dh' fheumadh an leaba bhlàth fhàgail. Cha robh e ag éirigh gus am biodh e suas ris a' mheadhon-là; bha cupan tea air a thoirt dha is botul teth air a chur ri chasan cho luath 's a bheireadh Anna beò an teine, agus bha e faotainn a bhraiceas air an leapaidh cuideachd.

* * * * *

Bha e mar so fad thri miosan; bha iongnadh air Cille-sgumain nach robh e a' seachdadh air falbh na bu luaithe, is bha iongnadh air féin nach robh am pian a' fàs na bu mhiosa. An àite a bhì na bu mhiosa dh' fhalbh am pian uile gu léir mu dheireadh, is ged bhiodh e a' cur a mach a theanga agus a' sealltuinn oirre anns an sgathan anns a' mhaduinn, bha a theanga cho dearg glan ri teanga coin. A thuilleadh air

sin bha e a' fàs reamhar, cho reamhar 's nach gabhadh na putain iosal anns a' pheiteig aige dùnadh. Ach bha crois eile 'n a chois sin; mar a bu làidire a bha e a' fàs is ann a bu truite a bha inntinn, oir cha robh uiread dhaoine a' tighinn 'ga amharc a nis; stad an tombaca agus na h-orainsearan agus na botuil theth; cha robh sugh nan coilcach agus an cheeli agus na stuthaman riomhach eile a' tighinn cho tric as an Tigh Mhór, agus mu dheireadh thubhairt bean a' Chòirneil gu'm pàigheadh i féin àrd-dhotair as an Oban, a bu mhaith leatha Erchie fhaicinn. Bha a bhean toileach gu leòir an dotair a thighinn, is leigeadh i leò cuideachd Erchie a thoirt air falbh do'n ospidail, ged bha i cho fada 'n a aghaidh an toiseach.

* * * * *

Sin mar bha; thàinig an dotair as an Oban; rùisg is làimhsich is ramnsaich e a h-uile crioman d'a chorp, ach cha d' fhuair e cancer ann an Erchie. "Faodaidh tu," ars' esan, "tòiseachadh air obair cho luath 's a thoilicheas tu; tha thu cho fallan ri Dòmhnall Dinnie." "Bha," ars' esan, "neasgaid air do stamaig, ach leighis sin, is bithidh tu a cheart cho mhaith 's a bha thu riamh.

* * * * *

An ath Di-Luain chaidh Erchie air ais do'n t-saoghal a b' aithne dha m'an do bhuail an cancer e, ach cha robh ann ach saoghal fuar is neo-fhaireachail an coimeas ris na làithean imtinneach is sona ud an uair a fhuair e binn a bhàis, agus a bha muinntir Chille-sgumain cho dìchiollach a' feuchainn ri a làithean deireanach a dheanamh suaimhneach. Ach cha robh cothrom air; aig ceathramh do chòig ghabh e a bhraiceas is las e a phìob; bha Anna fhathast gun éirigh; thog e leis canna de *thea* fhuar a bhiodh aige air a' mheadhon-là; thug e aon sùil eile air a' chathair anns an do chuir e seachad iomadh feasgar sona, ag éisdeachd ri naigheachdan goirisinneach mu chancer air an innseadh ann an guth tiamhaidh, agus an sin dh' fhosgail e an doras; thog e coilcar na seacaid a chumail 'amhach tioram o'n uisge a bha sileadh o'n ear-thuath, is chaidh e mach gu obair.

* * * * *

B'e sud a' cheud holiday agus an holiday mu dheireadh a fhuair e riamh. Bha a' chuing air amhaich gu bràth tuilleadh gus an d' fhuair e fois anns an uaign, far a bheil tàmh aig na prìosanach agus far nach cluinn iad guth an fhir-shàrachaidh.

An t-Urramach THEODORE BOANERGES POM-POM, O.B.E.

THA dlùth air bliadhna gu leth o nach do shearmonaich an t-Urramach Theodore Boanerges Pom-Pom, O.B.E., air ceann-teag-

aig a' Tiomnadh Nuadh; tha uiread ghnòthuichean a' dol air aghaidh an Lausanne, an Ottawa, an Geneva, am Buenos Ayres,

am Fugi Yama, agus ann an iomallaibh eile na talmhainn, 's nach 'eil ùine aige bruidhinn air naigheachdan a tha cho sean ri naigheachdan a' Bhìobuill. Oir mar dubhairt e fhéin, feumaidh ministearan gluasad leis na timeannan, agus an tarang a bhualadh fhad 's a tha i dearg, air neo fàgar iad leò féin ann an eaglais fhalamh. Tha e coma ciod an àird anns an gluais e, no ciod an ceann-uidhe a bhios aig a shìubhal, cho fad 's a tha e féin agus na timeannan a' cumail an aon cheum, agus cho fad 's a gheibh e tàirngean teth 'g am bualadh.

Na'n abrainn gur sgoilear an t-Urramach Theodore Boanerges Pom-Pom theirinn rud nach dubhairt sgoil no Collaist no Oil-thigh riamh, ged bhios a bhean agus am beadall 'ga ràdh, ach cha d' ionndraich e riamh an sgoilearachd 'ga dhìth, oir is beag feum air Gréigis a tha aig leithidhean Phom-Pom; cha deanadh i ach moille a chur air an sìubhal gu Honolulu is Fugi Yama.

An àm a' chogaidh, an uair a bha na *sub-marines* a' deanadh uiread millidh air bàtaichean is marsantachd Bhreatuinn, chuir an fheadhainn aig a bheil gnothuch ris na tighean-soluis dùdach (fog-horn) air Rudha Bhorramail, gus an t-seòlaid a bha an taobh-a-stigh dheth a dheanamh na bu shàbhailte do luchd-mara ri sid dhorchà. Chaidh rud-eigin ceàrr air an dùdaich, ach thairg an t-Urramach Theodore Boanerges Pom-Pom a h-àite a ghabhail gus am bitheadh i air a cur ceart, agus fad seachduin anns an robh sid cheòthar ann sheas e air Rudha Bhorromail a' gladhach mar gu'm biodh dùdach. Is ann air a shon sud a fhuair e O.B.E. Bha e air a ràdh gu'n cluintheadh e mìle gu leth a dh' astar; tha guth làidir aige; rugadh e ann am Bàsan, baile beag an siorramachd Rois, a tha ainmeil air son tharbh.

Leis gu bheil O.B.E. aige, agus nach 'eil e aig gin eile anns a' chléir tha e a' faireachduinn gu bheil e mar fhiachaibh air na cuisean a bhùneas do iompaireachd Bhreatuinn, agus na nithean a tha tachairt air feadh an t-saoghail, a mhineachadh do'n choimhthional. Ach ciod air bith a' cheist a bhios e fosgladh no fuasgladh, so an rud aig an crìochnaich e daonnan, *gu'm biodh an saoghal ceart na'n deanadh a h-uile duine an rud a tha ceart*. Air uairean bidh e a' leudachadh air an fhèrinn mhór sin ann an guth a dhùisgeadh na mairbh, a' toirt dlùlan do ana-creidich agus do Bholshевичs so àicheadh, gu'm biodh an saoghal ceart na'n robh daoine uile ceart.

Chamhór nach 'eil a' cheart uiread gràin aige air creud is paidir 's a tha aige air na Bolshevics. Tha e an dùil nach dean creud ach inntinn duine a chumail air teadhair; gu bheil daoine aig a bheil creud cho cumhann anns an inntinn 's gur fheàrr leò a bhi bruidhinn air peacadh Adhaimh is seann treathlaich eile de'n t-seòrsa sin seach

a bhi dol air sgiathaibh na maidne gu Fugi Yama. Tha cuimhne aig a' choimhthional, is bithidh gu bràth, air an t-searmon chomasach a thug e dhaibh mu bhocsadh a bha cadar duine geal is duine dubh ann an Colorado, o'n cheann-theagaisg, "An taruing thu mach Lebhiatan le dubhan?"

Is ann air a' phaipear-naigheachd a bhios e a' cumail a shùla a dh' fhaotainn chuspairean air an labhair e air an t-Sàbaid, ach air uairean bidh na paipearan cho gann de naigheachdan 's gu'm bi e ann am fiabhhus fad na seachduin, air eagal nach bi tarang dhearg aige ri bhualadh air an t-Sàbaid. Is comh-dheas leis ciod an tarang a bhuaileas e, ma tha i teth is dearg; ara-mach anns an Tuire; tuil ann an Iapan; banca air briseadh ann am Peru; Hatry, is Kreuger, is Tearlach Chaplin, is Ramsay MacDhòmhluill,—gheibh e annta leasain a chuireas solus air cùrsa an fhreasdail, agus a dh' fhìreanaicheas an teagasg beannaichte nach urrainn eadhon mi-chreidich no Bolshevics àicheadh, *gu'm biodh an saoghal ceart na'n robh a h-uile duine ann ceart iad féin*. "Ged nach biodh annam," ars' esan, "ach guth a' gladhach anns an fhàsach, their mi a rithist an rud a thuir mi cheana, *gu'm bitheadh uile ceart na'n robh sinn uile ceart, agus nach bi sinn gu bràth ceart ma bhios sinn ceàrr*."

Chan 'eil coinneamh a bhios aig a' Chléir nach bi e air a chasan innte leth dusan uair; is gasda leis cuideachd a bhi dol gu Craoibh, is Dun-Bhlàin, is Drochaid Alain, gu con-fearances, far an cluinn e iomradh air tàirngean ùra a ghabhas bualadh. Ged a bhios an cléireach air uairean a' cosd ùine na Cléire e féin, cha toigh leis daoine eile a bhi 'g a cosd. Sin an t-aobhar nach toigh leis a' chléireach an t-Urramach Theodore Boanerges Pom-Pom, O.B.E., agus gu'n do ghabh e an ceann-teagaisg anns an eaglais aige, an uair a leig an coimhthional air falbh e fad shé mìosan air thurus do thir a' gheallaidh, *Uime sin dh' fhàgadh fois fa chomhair sluagh Dhé*.

Ach ma bha fois aig sluagh Dhe fad nan sé mìosan a bha Theodore Boanerges Pom-Pom air falbh cha robh fois aca an uair a thàinig e dhachaidh, oir thug e dhaibh Sàbaid an déidh Sàbaid searmoin mhóra air na nithean a chunnaic e agus na daoine a thachair air; am biadh a bhios na h-Arabaich ag itheadh agus an dòigh anns am bi iad 'g a ghréidheadh; sin agus fichead rud eile de'n cheart sheòrsa gus mu dheireadh an dubhairt Iain MacCoinnich gu'm b' fheàrr leis gu robh beanntan Ghilboa far nach abradh e.

Cha b' urrainn an t-Urramach Theodore Boanerges Pom-Pom, O.B.E., iarraidh ort an t-im, no an salann, a shineadh dha aig a' bhòrd, gun fichead facal uisneachadh far an deanadh trì an gnothuch, ach an uair a bhios e a'

searmonachadh anns an eaglais, bidh e a' cur sgèimh air a' chainnt ris an abair e fhéin, *maise na naomhachd*, ach ris an abair Seònaid Eachaim, *brochan tana*. Uair a fhuair mart am bàs air bantrach an tàilleir, bhruidhinn Pom-Pom anns an eaglais air a' chaldachd a thàinig oirre; "am fiosrachadh cruaidh, agus déistinmeach, agus searbh, a thàinig gu h-obann agus gu h-aithghearr, air a' mheadhon-oidheche, agus b'e sin an oidheche fhliuch agus dhòrcha, air ban-oglach an Tighearna aig a bheil a còmhnuidh agus a dachaidh anns a' choimhearsnachd so, fo sgàile nam beamtan maiseach agus glòrmhor, ris am bi i a' togail a sùl mar a bhiodh an salmadair naomh a' togail a shùl ri beamtan Ierusalem; am fiosrachadh searbh agus muldach a thàinig oirre ann am freasdal diomhair

an Ti uile-chumbhachdaich agus uile-léirsinneach a tha riaghladh air nèamh agus air thalamh, seadh, agus ann an Orion agus anns a' Ghrioglachan cuideachd, an uair a thàinig teachdaire a' bhàis, an nàmhaid dheireannach araon aig daoine agus ainmhidhean, seadh agus aig eòin na h-ealtuinn agus aig éisg na mara, a dh'ionnsuidh a' chreutair àluinn a bha mar thobar na beatha dhi fhéin agus d'a teaghlach, anns an t-seadh gu robh bannae a' sruthadh bhuaiphe mar a shruthas am fìor-nisge á tobar beò nach traigh gu suthain no gu siorruidh no gu bràth; bannae cho geal còbhragach, copanach,—

A' chuid eile de bhriathran agus de ghniomharan an Urramaich Theodore Boanerges Pom-Pom, O.B.E., nach 'eil iad uile ri fhaicinn anns an *Scots Observer* a h-uile seachdain?

Laoidh

O 's truagh nach robh mo dhachaidh
Anns na caistealan tha shuas,
Bhi faighinn tuilleadh eòlais
Air mais' is glòir an Uain,
Far 'm biodh na h-anglean glòrmhor
'G am chòmhnadh leis gach buaidh.
'S bhiodh agam sonas mór
Ann an òirdheirceas an Uain.

Na'm faigheadh m' anam tròcair
Bho Rìgh na glòir' tha shuas,
Chan iarraim tuilleadh còmhnuidh
Anns an fhàsach bhrònach fhuar;
Tha m' ùrnuigh ris an t-Slànuighear
Gu'n cuir e ghràs a nuas,
'S gu'n toir e mise sàbhailte
Gu Pàras Rìgh nan sluagh.

O, 's iomadh cruas is sàrachadh
'S an fhàsach gheibh do shluagh,
'S e sud a gheall thu féin dhaibh
Gach ceum 'n an dol mu'n cuairt;
Bhi cogadh cruaidh gach là

Ris an nàmhaid ghràineil chruaidh;
Ach saorar iad bho'n àmhgharan
Le Mac do ghràidh thug buaidh.

O, 's cruaidh a dh' fhiach am bàs mi
Le luchd mo ghràidh thoirt bhuan,
Gun neach a dheanadh bàigh rium
An iochd, no'n càs, no'n truas;
Ach feuch! 's e Dia m' fhear-cuideachaidh
'G am sheasamh anns gach cruas,
Tha m' ùrnuigh ris an còmhnuidh
Gu'm bi dhomh thròcair buan.

(Bha an laoidh so air a cur thugaim le caraid do Ghilleasbuig Dòmhnallach, an Ceann a Tuath Uidhist, seann duine a tha dall. Bidh Gilleasbuig Mac Iain Bhàn, mar theirear ris an Uidhist, a' deanamh laoidhean; ach ged tha na laoidhean sin na's fhaide na tha freagarrach airson nan duilleagan so, bu mhaith leim beagan rannan dhiubh a thoirt am follais, agus iarraidh air ar luchd-leughaidh beamnachd an Tighearna iarraidh air an t-seann duine dhall a rinn iad.)

Aig an Uinneig

Facail Ghàidhlig

ANNs an àireamh mu dheireadh thug mi am follais na facail Ghàidhlig a bha air an cur air na facail Bheurla a thug mi dhuibh o chionn greis, leis an dithis a b' fheàrr a dh' fheuch ris an obair.

Ged bha cuid dhiubh a b' fheàrr na càch cha robh gin de na chuir thugam facail gun ghrinneas air chor-eigin 'n an obair. Ach cha robh feum air bith ann dhaibh obair de'n t-seòrsa so a thoirt dhomh; *frying pan*, soitheach staoin anns am bithear a' còcaireachd le saill ghoilteach; *optimist*, duine a tha smuaineachadh gu

bheil gach ni a tha tachairt a chum maith; *nerve*, buill faireachduin agus gluasaid, agus neirt, ann an duine no ainmhidh. Bha fhios agam-sa gu maith cheana ciod a tha ann am *frying pan*, agus ann an *optimist*, agus ann an *nerve*; is e a bha dhith orm facail Ghàidhlig air son nam facal Beurla sin. Fhuair mi na facail so; aghan-grìosaich, greideal-ròslaidh, friochdan, air son *frying-pan*; maighdeann (bhiodh maighdean na b' fheàrr), leth-chailin, sgiathalag, air son *flapper*. Sin an doigh cheart air an obair. Chòrd am facal sgiathalag rium.

Ach air a' cheann mu dheireadh feumar

aideachadh nach 'eil e furasda do dhuine an diugh labhairt no sgrìobhadh an Gàidhlig, ma tha e a' labhairt no a sgrìobhadh mu chuspairean a bhuineas do shaoghal nam beò. Chan 'eil ann an Gàidhlig an diugh ach inneal mhaol gu bhì teagasg innte. Bha i aon uair 'n a cànan làidir, shubailte, bheò; cànan a bha comasach air eòlas, is fiosrachadh, is smuaintean dhaoine a chur an cèill, ach dh' fhalbh an là sin, is tha trian mhòr de eòlas ùr an t-saoghail a nis an taobh-a-muigh do chrìochan na Gàidhlig uile gu léir. Sin rud a bu chòir do na h-eaglaisean anns a' Ghàidhealtachd a thoirt fanear. Chan aithne dhòmhsa an diugh aon mhinistear no aon duine eile eadar am Buta Leòdhasach is Ceann Bharraidh, eadar am Parbh is Maol Chinntire, as urrainn a thoirt do choimhthional an Gàidhlig an t-eòlas ùr agus an teagasg a bu chòir dhaibh fhaotainn, ma bu mhaith leinn a bhì gluasadh ann an saoghal nam beò. Cha b'urraim dhòmhsa a dheanamh co dhui; ged tha a' Ghàidhlig 'na ball-acfhuinn maith gu leòr air son saorsainneachd shònruichte, chan 'eil innte ach ball-acfhuinn tuathal air son sheòrsachan eile.

Cùram nam marbh

Bho chionn ghoirid bha mi air thurus air taobh an iar siorramachd Rois; dùthaich cho maiseach 's a chunnaic mi riamh. An Loch Carrann bha mi air son mo chòmhdach-cinn a chur dhiom aig uaigh Mhaighstir Lachlainn, is chaidh mi feasgar leam fhéin do'n chladh. Ach chuir e nàire is mulad orm gu bheil dearmad air a dheanamh air uaigh Mhaighstir Lachlainn am measg a dhaoine féin; bha e duilich dhomh a faicinn gu ceart le salchar is feanntagan. Is e gineal fhiar da rìreadh a tha ann an gineal air bith nach gabh cùram do uaighean nan aithrichean.

Cha robh muinntir na Gàidhealtachd roimh so, is chan 'eil iad an diugh fhathast, a' cumail àitean-adhlacaidh nam marbh mar bu chòir dhaibh a bhì air an cumail. Bha aobhar no dhà air sin anns na làithean a dh' fhalbh; bha an sluagh bochd; cha robh a' bheag de ghrinneas eadhon aig na beòthaibh 'n an dachaidhean féin. Ach an diugh tha cùisean air atharrachadh; tha gloine is grinneas is pailteas ann an tighean agus ann am beatha dhaoine anns a' Ghàidhealtachd an diugh; ma tha dearmad air a dheanamh air na cladhannan chan e cion comais as aobhar dha, ach cion suime is cion sgoimne. Ach cleas gach gnothuch eile feumaidh cuid-eigin ceann a chur ann. Agus is e an duine d'am freagarraiche sin a dheanamh, ministear na h-eaglais a tha 'n a seasamh anns a' chladh, air neo ministear na h-eaglais as dlùithe do'n chladh.

Ged nach bu mhaith lean-sa labhairt ri mo bhràithrean òga mar a dh' fhaodadh Pol labh-

air ri Timoteus, no mar bhios maighstirean-sgoile a' labhairt ris a' chloinn, bu mhaith leam a chur 'n an cuimhne gu bheil e mar fhiachaibh orra mar sheirbhisich na h-eaglais, na h-eaglaisean anns a bheil iad a' searmonachadh, na mansaichean anns a bheil iad a' fuireach, agus na h-àitean anns a bheil na mairbh air an tiodhlacadh, a chumail grinn agus deusanta, gun a bhì fàs coltach ri fàrdhaichean cheard no dhaoine borb. Tha luideachas ann am fir a cheart cho mhaith 's a tha e ann am boirionnaich, agus is e an comharra follaiseach air luideachas ann am ministear, gu bheil am Manse agus an gàradh aige anns an staid anns am faca Solamh fearann agus fion-lios an leisgein, "bha e air fàs suas le chuaranaibh; chòmhdach an eanntagach 'ghaidh, agus bhriseadh sìos a bhalla-cloiche." An uair a chi mi nach 'eil de ghrinneas no de sgoimn ann am ministear na chumas a thigh agus a ghrumnd féin deusanta, tha amharus agam gu bheil an còrr d'a obair a cheart cho fad air deireadh. Ann fear a tha leásg anns a' gharadh bidh e leasg anns a' chùbaid; aithnichear an leòmhann air sgrìob d'a ionga. Is trom an éire an t-aineòlas, ach is seachd truiteam an leisg.

Gun teagamh tha na mansaichean móra agus na gàraidhean móra a tha aig ministearan ann an eaglais na h-Alba 'n an uallach trom, agus duilich an cumail suas, ach chan 'eil annainn ach cileadairean thairis air oighreachd a thug an eaglais dhuinn, is tha e mar fhiachaibh oirnn an oighreachd sin a chumail ann an òrdugh ceart. Mur téid aig ministear air gille a chumail car son nach cuireadh e dheth a chòta agus nach gearradh e na feanntagan agus na copagan e féin seach iad a bhì fàs air stairsneach an doruis aige?

Tigh-eiridinn Dhùnèideann

Air uairean bidh daoine as a' Ghàidhealtachd a' faireachduinn glé ònrachdach an uair a tha iad 'n an laighe ann an tigh-eiridinn anns a' bhaile mhòr, agus gun duine anns a' bhaile as aithne dhaibh no bhruiddneas riu. Uair air bith a bhios duine nach 'eil càirdean no eòlaich aige an Dunèideann a' dol do thigh-eiridinn no ospidail air bith anns a' bhaile sin, bhiodh an t-Urramach Donnachadh Mac Rath, 26 Douglas Crescent, anabarrach toilichte na'n innseadh iad dha c' àite am faicheadh e iad. A thaobh 's nach 'eil e air a cheangal ri obair coimhthionail tha barrachd ùine aige a bhì tadhall air Gàidheil a tha air an aineol na tha aig na ministearan Gàidhealach a tha anns a' bhaile. Am bi ministearan anns a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan cho mhaith, ma ta, agus cuimhne a chumail air ainm is ionad-tàimh Mhaighstir Mhic Rath, an earalas gu'n bi duine as aithne dhaibh a' dol do Dhùnèideann, agus gu'm bu mhaith leò fios a chur thuige?

Mios deireannach an Fhoghair

Cuairt na Gealaich

A' cheud cheathramh, 6 mh là
An solus làn, 14 mh là

An ceathramh mu dheireadh, 22 mh là
An solus ùr, 29 mh là

Oir bi àitlne an rìgh mu'n timchioll gu'm biodh cuibhrionn àraidh air an son, a dhlighe féin air gach là.
NEHEMIAH ii. 23.

- | | | | |
|------------------------|---|------------------------|---|
| 1. Di-Sathuirn | Cha mhisid an t-Sàbaid tòiseachadh air Di-Sathuirn. | 17. Di-Luain | Moch-éirigh Di-Luain a ni an t-suain Mhairt. |
| 2. <i>Di-Dòmhaich</i> | <i>Coimhead do chas an uair a théid thu do thigh Dhe.—Eccles. v. 1.</i> | 18. Di-Màirt | Ged bu leat earras an domhain na coimeas e ri d' nàire. |
| 3. Di-Luain | Is e tùs gach aitreabh an stéidh. | 19. Di-ciadaoin | Na mol thu féin is na di-mol duine eile. |
| 4. Di-Màirt | Leisg is dìomhanas, toiseach na bochdainn. | 20. Di-ardaoin | Seachain an t-ole is seachnaidh an t-ole thu. |
| 5. Di-ciadaoin | Is fheàrr cridhe glan na craicinn slàn. | 21. Di-haoine | Thoir bean á ifrinn is bheir i rithist ann thu. |
| 6. Di-ardaoin | An ni a gheall Dia cha mheall duine. | 22. Di-Sathuirn | Creachaidh am bàs gach buaidh ach buaidh Chrìosd. |
| 7. Di-haoine | Seachain a' chòmhstri a tha eadar fear is bean. | 23. <i>Di-Dòmhaich</i> | <i>Bha aoibhneas orm an uair a thubhairt iad rium, théid sinn do thigh an Tighearna.—Salm. cxxii. 22.</i> |
| 8. Di-Sathuirn | Tha am bàs daonnan obann do dhaoine nach 'eil deas. | 24. Di-Luain | Bheir a h-uile Di-Dòmhaich seachduinn leis. |
| 9. <i>Di-Dòmhaich</i> | <i>Iocaidh mi mo bhòidean do'n Tighearn an làthair a shluaigh uile.—Ps. 116-18.</i> | 25. Di-Màirt | Is fhada cas-rùisgte am fear a dh' fheitheas air son cas-bheairt a' mhairbh. |
| 10. Di-Luain | Is bochd am pòsadh a ni suirigh na Sàbaid. | 26. Di-Ciadaoin | An rud a chi thu thogas fearg, na dean dearmad air a chleith. |
| 11. Di-Màirt | Cladhaich an tobar m' an tig am pathadh. | 27. Di-ardaoin | Cha tuit guidhe air cloich no air crann. |
| 12. Di-ciadaoin | Aithnichear droch fhear air gnùis a mhnatha. | 28. Di-haoine | Tha na là goirid ; bi dich-iollach. |
| 13. Di-ardaoin | Beul a labhras ach gnìomh a dhearbhas. | 29. Di-Sathuirne | Is mairg a ni de'n ole na dh' fhaodas e. |
| 14. Di-haoine | Fàinne mu'n mheur 's gun snàthainn mu'n mhàs. | 30. <i>Di-Dòmhaich</i> | <i>The m' anam a' fannachadh le déidh air cùirtibh an Tighearna.—Salm. lxxxiv 2.</i> |
| 15. Di-Sathuirn | Tha tuiteam an duilich a' seirm a bli ullaigh. | 31. Di-Luain | Gur mithich fàs diadhaidh 's do chiabhan air giasadh. |
| 16. <i>Di-Dòmhaich</i> | <i>Bhuanaich iad uile a dh' aon iuntinn ann an ùrnuigh.—Gnìomh. i. 14.</i> | | |

Apocripa

Gliocas Sholaimh

OIR is e gliocas anail cumhachd Dhé, agus àile glan a tha teachd o ghlòir an Uile-chumhachdaich : mar sin cha tuit ni truailidh sam bith innte. Oir is dealradh an t-soluis shiorruidh i, sgàthan gun smal anns am faicear cumhachd Dhé agus iomhaigh a mhaiteis.

Ged is aon i, gidheadh ni i na h-uile nithean :

agus aig fantuinn innte féin, ni i na h-uile nithean nuadh : agus anns gach linn, air dhi dol a steach ann an amanna naomha, ni i dhiubh càrdean do Dhia agus fàidhean. Oir chan ionmhuinn le Dia ach esan a ni a chòmhnuidh maille ri gliocas.



Staid nan Naomh

“*Bithidh sinn gu siorruidh maille ris an Tighearna*”—I THESS. iv. 17

A THAOBH staid nan naomh tha Leabhar Aidmheil a' Chreidimh a' teagasg gu bheil anmanna nan creidmheach, aig uair am bàis, air an deanamh iomlan an naomhachd, agus a' dol a steach do ghloir, ged laigheas an corp anns an uaigh gu là na h-aiseirigh.

An uair a bhios seachas réidh samhach agam ri daoine mu nithean sòluimte na beatha so agus mu staid nam marbh, mar a bhithneas air uairean, agus gu sònruichte ri seann daoine, chan 'eil ceist eile as bitheanta a chaidh a chur orm na cheist so, *An tachair sinn a rithist ri luchd ar gaoil ann an nèamh?*

Do dhaoine aig a bheil gaol air a chéile is e gath a' bhàis gu bheil e a' deanamh sgaraidh eatorra, agus b'e an sgeul a b' fheàrr leò a chluinntinn gu'n coinnich iad ann an nèamh agus nach bi dealachadh ann na's mò. Tha an dòchas so air a thoirt duinn ann an té de na laoidhean, ged tha mi an dùil gu bheil e air a chur na's làidire anns an laoidh na tha e anns an sgrìobtur air a bheil i air a stéidheachadh.

Fòs tamull beag, is ruigidh sinn

An caladh a' fadheòidh,

'S an coinnich sinn na sgaradh uainn

'S cha dealaich sinn na's mo.

Bu mhaith leam a ràdh a dh' aon ruith gur e so ceist nach urrainn mise no duine eile a fhreagairt le cinnt. Chan 'eil foillseachadh soilleir no cinnteach againn anns a' Bhiobull air a' chùis; ach ged nach 'eil dad anns a' Bhiobull air an urrainn cridheachan leònta greim a dheanamh, cha mhò a tha dad ann a tha toirt bhuair an dòchais gu'n coinnich iad r'an càirdean air taobh thall na h-uaighe, agus gu'm bi caidreamh eatorra anns an t-siorruidheachd.

Is e so ceist nach d' thàinig riamh a steach air intinn nam abstol. Ann an làithean nan abstol, b'e Crìosd a mhàin dòchas na glòire, agus b'e uile aobhneas nan naomh gu'm biodh iad maille ris-san ann an nèamh. Anns an Tiomnadh Nuadh chan 'eil iomradh idir air luchd ar gaoil an measg aobhneas is sòlasan na siorruidheachd, oir is e Crìosd a mhàin solus is glòir nèimh; tha aobhneas nan naomh a co-sheasamh ann a bhi maille ris-san. Sin teagasg an Tiomnaidh Nuaidh, agus sin an dòigh anns an robh na h-abstoil a' sealltuinn air a' chùis, air chor agus gu'm faod e bhi fìor gu bheil daoine a' call tomhas de'n fhìor dhòchas

a thug Dia dhaibh, mar is motha a tha a' eheist so a' lìonadh an cridheachan, *An coimich sinn ri luchd ar gaoil?*

Bha ministear ainmeil ann an siorramachd Rois a chaill a bhean agus iad le chéile glé òg. Bha i dha mar anail a bheatha, agus an déidh a bàis bhiodh e a' guidhe gu'n tigeadh am bàs air fhéin gus faotainn còmhla rithe. An ceann greis mhothaich e gu robh so a' tighinn eadar e agus Crìosd; nach ann idir air comunn is làthaireachd Chrìosd ann an nèamh a bha e a' smuaineachadh ach air companas is caidreamh a mhnatha. Ach chan e sin a gheibhear anns an Tiomnadh Nuadh, is e an dòchas a' tha air a thoirt do shluagh an Tighearna anns an Tiomnadh Nuadh gu'm bi iad gu bràth maille ris an Tighearna; chan e, gu'm bi iad gu bràth maille ri luchd an gaoil.

A mach o'n fhacal a tha air a dheachdadh leis an Spiorad Naomh chan 'eil urrainn eile as cinntiche na fianuis dhaoine diadhaidh a thug dhuinn an beachd air a' cheist so, agus bu mhaith leam leigeil le aon no dhà dhiubh sin am beachd innseadh do luchd-leughaidh na duilleig so, gun fhios nach toir e dhaibh comhfhurtachd anns an sgaradh a rinn am bàs 'n am beatha.

'Na sheann aois sgrìobh Tomas Carlyle gu mhàthair, “A h-uile uair a smuainicheas mi gu'm feum mi fhéin agus sibhse dealachadh, thig crith is fuachd orm; chan 'eil comhfhurtachd dhomh ann an rud air bith ach ann a bhi creidsinn gu'n ceadaich Dia dhuinn coinn-eachadh anns an t-saoghal eile.”

Ann an 1881 sgrìobh Iain Ruskin gu Iain Brùn, an lighiche glic is caomhail, “Tha m' athair, agus mo mhàthair, agus mo bhanaltrum ghaolach, a' feitheamh orm ann an tìr Immanuel shuas.”

An uair a chuala Tomas Chalmers mu bhàs caraid sònruichte air an robh meas mòr aige sgrìobh e, “Bha caidreamh milis eadarunn air thalamh, agus tha mi ag altrum a' mheud 's a tha an soisgeul a' toirt dhomh de dhòchas gu'm bi caidreamh milis eadarunn ann an nèamh cuideachd.

Ann an aon d'a litrichean sgrìobh Phillips Brooks mar so, “Chan urrainn mi gun a bhi smuaineachadh air nairean cìod an seòrsa còlais a bhios aig daoine air a chéile anns an t-saoghal eile, agus ciamar a bhios iad a' cumail suas an

càirdeis. Tha mi an dùil gu'm faic sinn smuaintean diomhair a chèile cho soilleir 's ged bhiodh iad m'ar coinnemh ann an leabhar. Theagamh gu'n cuir so eagal is uamhas oirnn an toiseach, ach ri ùine fàsaidh sinn cleachdta ris, agus bidh e 'n a fhaochadh dhuinn fhàireachduinn gur h-aithne d'ar càirdean a' chuid as miosa ann-ainn cho mhaith ris a' chuid as fheàrr, agus nach bi eagal oirnn gun sgur gu'm bi sinn air ar faotainn a mach."

Ged tha daoine a' cnuasachadh air staid nam marbh bho thoiseach an t-saoghail chan aithne dhuinn a bheag uime sin fhathast; chan aithne dhuinn dad barrachd air Socrates, a thubhairt bho chionn dà mhìle bliadhna, "Biodh deagh mhìsneach agad agus greimich air an aon ni so, nach éirich olc do dhuine maith, co dhiù a tha e beò no marbh."

* * *

Tha a' bheachd féin agus a smuaintean féin

Annas a' Choille Bheithe

AN dràs 's a ris bidh mi a' faotainn litrichean A as gach ceàrn de'n Ghàidhealtachd, a' foighneachd dhìom c' àite an gabh cuid de na sgrìobhaidhean a bha air an cur a mach anns na duilleagan Gàidhlig so faotainn. Mar is trice chan urrainn mi ach a ràdh riu nach 'eil fhios agam; gu bheil mi an dùil nach gabh iad faotainn idir. Bho chionn ceithir-là-deug thàinig té de na litrichean sin thugam o oilean-ach òg an Glaschu, ag ràdh gu'm biodh e 'n am chomain na'n cuirinn thuige an àireamh de *Bheatha agus Obair* anns an robh seachas a bha eadar ministear Chille-sgumain agus mi fhéin mu ifreann. Rud glé neònach bha an seachas so air iarraidh le daoine eile an dràs 's a ris o chionn bhliadhnachan; agus o nach gabh e a nis faotainn ach anns an aon àireamh a ghléidh mi fhéin, tha mi 'ga thoirt am follais as ùr anns an àireamh so, ged nach b'é mise no ministear Chille-sgumain a bha seachas idir, ach fear a b' fheàrr na gin de'n dithis againn, Calum Dòmhnallach, am beadall.

* * *

An uair mu dheireadh a bha mi an Cille-Sgumain chuir mi seachad feasgar fada samhraidh 'nam shuidhe air cloich anns a' chladh, a' seachas ri no sheana charaid, Calum Dòmhnallach, beadall na h-eaglais is fear-cladhach nan uaighean. Tha an eaglais 'n a seasamh ann am meadhon a' chladaid, agus tha barrachd de mhuintir Chille-Sgumain 'n an sineadh an taobh-a-stigh de'n ghàrradh na tha an taobh-a-muigh dheth. Sin an t-aobhar gur toigh leam dol a steach ann air làithean na seachduin cho mhaith ri là na Sàbaid, a mheòmrachadh am measg nan leacan, agus a chuimhneachadh air

aig a h-uile duine mu nèamh; ach ged dh' fhaodas nach 'eil fois shiorruidh nan naomh cho ion-mhiannaichte ann an sùilean na gineil so 's a bha e ann an sùilean an aithrichean, tha mi an duil gur e so am facal as fheàrr a chaidh riamh a labhairt mu staid nan naomh, *dh' fhàgadh fois fa chomhair sluagh Dhe*. Ann an nèamh tha fois, is sìth, is aonachd, is sòlas siorruidh maille ri Crìosd. Dh' aithnich na deisciobuil air beinn a' chruth-atharrachaidh Maois is Eliah ged nach fhaca iad riamh iad anns an fheòil, agus faodaidh e bhith nach e a mhàin gu'n aithnich sinn anns an ath shaoghal na càirdean a b' aithne dhuinn anns an t-saoghal so, ach gu'n aithnich sinn na naoimh nach fhaca sinn riamh; fàidhean, is martaraich, is abstoil. *Cha bhi oidhean an sin, agus chan 'eil feum aca air coinnil no air solus na gréine, oir bheir an Tighearna Dia solus daibh agus rioghaichidh iad gu saoghal nan saoghal*.

na daoine a b' aithne dhomh anns na làithean a dh' fhalbh.

Eadar glanadh na h-eaglais is obair a' chladaid tha Calum Dòmhnallach a' cur seachd a' chuid as mò d'a bheatha anns a' chladh, air chor agus gu'm bi sinn a' tachairt air a chèile glé bhith-eanta, agus a thaobh 's gu bheil e a nis 'n a sheann duine (tha e ochd is dà fhichead bliadhna 'n a dhreuchd) agus gur h-aithne dha muinntir Chille-Sgumain agus an sinnsearachd uile na's fheàrr na's aithne do dhuine eile a tha beò, is toigh leam dol 'n a sheachas a h-uile uair a bhios cothrom agam. A thuilleadh air sin, tha e 'n a dhuine tùrail, geur; neo-eisomaileach 'na dhòighean agus 'na bheachdan, agus tha sin aige, beachdan dha fhéin. Chan 'eil ann an seachas ri duine aig nach 'eil smuaintean is beachdan dha fhéin ach rud gun bhlas, mar gu'm biodh ugh gun salann. Chan ann mar sin a tha seachas Chalum; co dhiù a tha no nach 'eil a chainnt a ghnàth ann an gràs tha i daonnan air a deanamh blasda le salann, salann na géireid nàdurra agus a' ghliocas shaoghalta. Agus air uairean cuideachd gheibhear 'n a sheachas tomhas de'n ghliocas ata o shuas, oir is duine maith Calum, ged nach toigh leis Baistich, no Seceders, no boironnaich a bhios a' searmonachadh, no bràithrean usaideach a bhios a' foighneachd de'n h-uile duine a thachras orra a bheil iad réidh ri Dia, no a bheil iad a' cuimhneachadh air a' bhàs? "An do rinn sibhse réite ri Dia?" thubhairt fear dhiubh so ri Calum, agus e trang a' fosgladh uaighe air son tiodhlacaidh; "bithibh cuimhneach, a dhuine, air a' bhàs." Bha Calum 'n a fhallus agus gun an uachdar an talaimh dheth ach an ceann agus na guailleann, ach stad e agus chuir e an spaid

fo uchd, agus fhreagair e mar so (car frionasach) “Cha do rinn mise réite ri Dia, ach rinn Dia réite rium-sa, agus a thaobh a' bhàis chuir mi tuilleadh 's a chòir de dhaoine eile fo'n ùir gu'n dìchuimhnichim mo chrìoch dheireannach.”

Na linn-tean ag atharrachadh

An là ud a bha sinn 'n ar suidhe anns a' chladh bha e ag innseadh dhomh mu'n atharrachadh a thàinig air an eaglais agus air an t-saoghal bho na bu chuimhne leis. “Tha trì fichead bliadhna,” ars' esan, “bho thòisich mi air dol do'n eaglais an toiseach; bho chionn dlùth air leth-cheud bliadhna tha mi innte air dà cheann an latha; chan 'eil duine eile ann an Cille-Sgumain a chuala uiread shearmon rium. Shuidh mi fo chòig ministearan anns an eaglais so; chan 'eil aon de na foirbhich a làthair a nis a bha innte an uair a chuir an Seisein mi anns an dreuchd a tha agam. Ri linn Mhaighstir Eachainn bhiodh an coimhthional a' seasamh aig an ùrnuigh, a' suidhe aig an t-seinn, agus cha robh dad air a sheinn ach sailm Dhaibhidh. Tha cuimhne agam gu maith air an là a thog Iain Mac Coimnich leis an Bhiobull agus a cheathrar chloinne, agus a chaidh e a mach as an eaglais, a' glaodhach, *Mo nàire, mo nàire, Ichabod, Ichabod*, a chionn gu'n d' thug am ministear laoidh dhuinn 'g a seinn. Ach an diugh tha òrgan anns an eaglais, agus cò a tha 'g a chluich ach ogha Iain, caileag laghach ruadh a tha ceart coma co dhiu a bheirear dhith sailm Daibhidh no laoidhean Shankey. Ach tha mi an dùil gu'n d' thàinig tuilleadh atharrachaidh air a' chùbaid fhéin na thàinig air a' cheòl. Ri linn Mhaighstir Eachainn bhithreamaid a' faotainn searmon mór mu ifreann uair 's an ràidhe, a thuilleadh air gu'm biodh e a' toirt an dlighe do'n diabhol agus do ifreann a h-uile Sàbaid ann an comhdhùnadh an t-searmon, ach an diugh cha chluinnear iomradh air an diabhol bho cheann gu ceann de'n bhliadhna. Air son na chuala sinne riamh bho'n duine ghrinn a tha againn ann an eaglais Chille-Sgumain an diugh, an t-Urr. Niall Mac Phàrlain, B.D., cha bhiodh fhios againn gu robh leithid an diabhoil ann. Tha deich bliadhna bho nach cuala sinn searmon mu ifreann ach aon fhear fiadhaich a fhuair sinn bho mhinistear a thàinig a' Leòdhas, o'n cheannteachaisg, *Oir dh' ullaicheadh Tophet o shean; rinn e domhain e, rinn e farsuinn e; cruach theine agus mòran connaidh; tha anail an Tighearna mar shruth pronnaisg 'g a fhadadh*. Ohh! Ohh! b'e sin an searmon; chuir e crith air na cridheachan aig daoine; chrath e muinntir Chille-Sgumain os cionn an t-sluicidh gus an do thòisich na boirionnaich air ochanach agus a' chlann air caoineadh, agus an do thuit Ealasaid Bheag ann am paiseanadh, ged nach robh duine eile anns an eaglais a bu lugha a thoill

an t-uamhas a bha an duine a' maoidheadh na Ealasaid.”

Dìomhaireachd an t-saoghail eile

“Air uairean,” arsa Calum, “an uair a bhios mi ag obair anns a' chladh so, bidh mi a' cnuasachadh leam fhéin air na nithean sin, ach mar is mò a smuainicheas mi orra is ann is mò a tha dìomhaireachd an t-saoghail eile a' fàs, agus an deacaireachd a tha comh-cheangailte ri fichead is ceud rud a tha sgrìobhta anns a' Bhiobull. Tha aon ni a thug mi fainear a bhios a' cur ionghnaidh orm, gur h-e na daoine as diadhaidhe as lugha a bhios 'g an cur fhéin mu'n cuairt mu Shatan no mu ifreann, agus gur h-e na daoine as miosa a bhios a' gabhail feirge ma chluinneas iad duine eile ag ràdh nach 'eil teine siorruidh a' feitheamh air peacaich. An uair a bha am ministear againn fhéin aig an t-Seanadh, chuir e 'na àite gille òg a bha air ùr thighinn a mach as a' Chollaist. Thug e dhuinn searmon pongail mu'n dearbhadh a chaidh a chur air Iosa anns an fhàsach, ach anns an dol seachad, thubhairt e nach robh e idir coltach gu robh an seachas ud eadar Iosa agus an diabhol gu litireil no gu pearsona, agus nach robh ann ach seòrsa de chosmhalaich air a' ghleachd spioradail a chaidh air aghaidh aig an àm ann an anam Iosa. Thubhairt e cuid-eachd nach robh e furasda do dhuine air bith smuaintean, is faireachduinnean, is fiosrachadh dìomhair a chridhe, a chur ann an cainnt, agus gu'm b'e sin an t-obhar gu bheil uiread de'n Bhiobull na's fhèire anns an spiorad na tha e anns an litir, fìor ann an da-rìreadh ged dh' fhaodas e bhith nach do thachair an rud riamh, dìreach mar a tha *Turus a' Chrìosdaidh* agus an *Cogadh Naomh* aig Iain Bunian fìor, ged nach 'eil anns na naigheachdan sin ach samh-laidhean is cosmhalachdan a rinn Iain Bunian fhéin suas. Cha do shaoil mise gu'n d' thubhairt an duine dad ceàrr, ach a mhic-chridhe, m'an deachaidh a' ghrian fodha Di-luain bha e air feadh na sgìreachd uile nach robh am ministear òg a' creidsinn anns a' Bhiobull no ann an Satan, agus rud a bu neònach air fad, an uair a thòisich deasbud is connsachadh mu'n ghnòthuch anns a' cheàrdaich, b'e na daoine a bu diadhaidhe agus a b' eòlaiche air a' Bhiobull a bha seasamh air taobh a' mhinistear, agus na daoine nach fhacas anns an eaglais bho chionn fichead bliadhna, agus a bha na b' eòlaiche air òrain Dhonnacha Bhàin na bha iad air sailm Dhaibhidh, a bha 'na aghaidh.”

Caora no Gobhar

“Tha cuimhne agad air Eachann Mór a Chàrnain; chan fhaca mise an taobh-a-stigh de bhallachan na h-eaglais e o'n là a bha an Siorram Brand agus Commission nan Croitearan cruinn innte, agus tha ùine mhaith bhuaith sin.

Ach an uair a dh' innis iad dha gu robh am ministear a bha anns an eaglais air an t-Sàbaid ag ràdh nach robh diabol idir ann chaidh Eachann air druim dearg a' chuthaich, agus bha e air son an sluagh a chruinneachadh gus dol air an ceann mar a bhiodh e a' deanamh ann an àm na *Land League*; 'theid sinn,' ars' esan, 'agus tearraidh sinn e.'

"Bidh e air uairean a' cur ionghnaidh ormsa, a mhinistear, ciod a dh' éireas do leithid Eachainn anns an ath shaoghal. Ann an aon seadh, chan e droch dhuine idir a tha ann an Eachann bochd; their a choimhearsnaich riut nach 'eil coimhearsnach eile anns an dùthaich as fheàrr na e; gu bheil e iochdmhor is coibhneil, agus an àm trioblaid cho bog ri pàisde; fada na's iochdmhoire agus na's coibhneile na Alasdair Mac Eòghain, am foirbheach a tha r'a thaobh. Ach ann an seadh eile, tha Eachann cho fada air falbh o spiorad na diadhaidheachd agus spiorad an Tiomnaidh Nuaidh ris na cinnich a tha ag aoradh do iodhalan. Chan 'eil inntinn an aoraidh ann an Eachann gu nàdurra; ged dhòirteadh e gach braon d'a fhuil a sheasamh a' Bhiobuill agus Chrìosd agus nan Abstol, na'n chuinneadh e gu robh daoine (agus gu sòn-ruichte daoine nach toigh leis, no daoine nach aithne dha) a' deanamh tàir orra, tha eagal orm gu'm biodh e a cheart cho deas gu fhuil a dhòrtadh as leth Fhinn Mhic Cumhail, no Dhonnacha Bhàin, no gaisgeach air bith eile. Tha e tur aineolach air spiorad a' Bhiobuill, cho aineolach ris na gamhna aige fhéin, ged tha prabadh beag a dh' eòlas aige air an litir. Ach tha caibideil á Lebhiteuc an t-aon ni dha ri caibideil á soisgeul Foin; is fheàrr leis a bhi cluinntinn mu euchdan Shamsoin na mu thurusan soisgeulach Phoil."

"Ach ged tha Eachann làn buirbe is aineòlais tha e cho firinneach onorach ris a' ghréin; an uair a chaill Dòmhnall Caimbeul an capull, agus an dà mhart, agus an t-agh, anns an aon bhliadhna, agus a bha na coimhearsnaich a' cruinneachadh airgid dha a chumadh anns a' chroit e, chuir Eachann tri puinnid Shasunnach ann ged nach do chuir Alasdair Mac Eòghain ach leth-chrìon ann, agus e na's fheàrr air a dhòigh. Ciod a tha thu féin ag ràdh mu leithid Eachainn; ciod a dh' éireas d'a sheòrsa anns an ath shaoghal."

"Mata, a Chalum, chuir sibh ceist orm; sin rud nach h-urraim mise a ràdh, oir is ann do Dhia a mhàin a bhuineas breitheanas agus is maith gur h-ann. Bhiodh e furasda gu leòir dhòmhsa innseadh dhuibh ciod a' bhinn a tha an eaglais agus na diadhairean agus na creudan a' toirt air daoine *nach 'eil ann an Crìosd* aig uair am bàis, ach cha duine Dia, agus co aige a tha fhios a bheil esan a' ciallachadh an t-aon ni 's a tha sinne a' ciallachadh leis an fhacal *ann an Crìosd*, oir chan 'eil ann am facal ach facal

fhéin. Mar is sine a tha mise a' fàs is ann is cinntiche mi gu bheil Dia caomhail is tròcaireach is uasal, agus nach dean e gnìomh suarach no leibideach as an gabhadh eadhon duine gun ghràs nàire."

Cha duine Dia

"Tha mi toilichte," arsa Calum, "a chluinntinn gu'm bi smuaintean de'n t-seòrsa sin a' dol troimh t' inntinn-sa cuideachd, oir bidh iad a' tighinn a steach orm fhéin, an uair a dhich-uimhnicheas mi Iain Bunian agus Leabhar Aithghearr nan Ceist, agus a bhios mi a' cnuasachadh 'n am inntinn fhéin air nàdur Dhé, air a mhòrachd is air a chumbachd; an gaol a dh' fheumadh a bhi aige d'a chloinn m'an deanadh e na rinn e air an son, agus an àirde neo-chrìochnach a tha e os cionn dhaoine ann an caomhalachd agus ann an tròcair. Chan 'eil annam-sa ach seann duine aig nach 'eil sgoil, is bhiodh e dàna dhomh a ràdh gu bheil daoine a tha na's fòghluimte na tha mi ceàrr anns na beachdan a tha aca mu Dhia, ach air a shon sin, chuala mi le mo dhà chluais anns an eaglais sin thall nithean air an cur as leth an Tighearna a chuir crith air m' fheòil, agus sin le ministearan a bha an dùil gu robh iad ag àrdachadh nan sgrìobturann agus a' toirt glòire do Dhia. Cha toigh leam a bhi cluinntinn mhinistearan a' bruidhinn air Dia mar gu'm b' aithne dhaibh e cho mhaith r'an coimhearsnach a tha air taobh eile a' ghàrraidh; cha toigh leam Dia a bhi air labhairt uime mar nach robh ann ach Urna mòrchuiseach a tha daonnan ag iarraidh modh is moladh bho dhaoine, agus a ghabhas fearg riu mur toir iad dha an t-urram as dlighe dha, mar a ghabhadh seann tighearna Chluainidh fearg ris na ceàird mur tugadh iad dhiubh am boinneid dha anns an dol seachad. Saoidh mi nach e sin idir an t-Athair gaolach air am biodh Iosa a' bruidhinn. Tha clann agam-sa mi fhéin; ged bhiodh mo mhac 'na mhac neo-dhleasdanach, seadh ged bhualadh e a làmh orm anns an aodann, tha fhios agam nach deanainn air an ni a bhitear ag radh a tha Dia a' dol a dheanamh air cuid d'a chloinn anns an ath shaoghal, 'g an losgadh ann an teine gu siorruidh. Sin rud nach deanainn eadhon air mo nàmhaid; b' fheàrr leam a bhi air mo chur anns an teine mi fhéin na gu'n cuirinn duine eile ann, agus saoidh mi nach 'eil Dia cho leibideach no an-ìochdmhor 's gu'n deanadh e gnìomh brùideil nach deanadh beadall bochd peacach Chille-Sgumain."

"Bidh e a' tighinn a steach orm glé bhith-eanta nach 'eil daoine a' tuigsinn gu ceart ciod a tha iad ag ràdh an uair a their iad gu bheil iad a' creidsinn ann an loch mór teine anns an bi daoine air an tilgeil gu bhì a losgadh ann gu siorruidh; chan 'eil ann daibh ach *facail*, facail nach do gheimich riamh air an inntinn."

Peasan gun tùr

“ Bho chionn dà bhliadhna bha mi là anns a' chladh so a' gearradh feòir, agus cò a thàinig a steach air a' gheata air son uaigh a bhràthar fhaicinn ach Tearlach nan duilleagan, mar theireadh iad ris, mac do'n mhuilleir a bha ann an Gleann Moireastan, duineachan beag spaideil a bhios a' reic thraactaichean is leabhraichean, agus air uairean a' gleidheadh choinneamhan. Theagamh nach aithne dhuit-se an gille, ach bidh cuimhne agad air athair. Bha dithis mhac dhiubh ann, Tearlach agus bràthair a b' òige, Seumas. Bha Seumas bochd car gòrach, agus bhiodh e air uairean a' gabhail smùid drama, ach cha robh cron ann do dhuine eile ach dha fhéin, agus bha gaol aig a' h-uile duine air. B' fheàrr leò e fada cian na Tearlach, oir tha sùil is teanga mhiomhail aige-san, is tha e cho spiocach s a tha e cho spaideil. Thuit Seumas ann an caitheamh : thàinig e dhachaidh as a' bhaile mhór, is mu dheireadh shiubhail e. B'e sud a' cheud uair a thàinig Tearlach a dh' fhaicinn uaighe, agus tomhais ciod a thubhairt e an uair a bha e 'n a sheasamh aig a ceann? ”

“ Chan 'eil fhios agam,” arsa mise, “ thubhairt an duine glic gu bheil àm ann gu bhith bruidhinn, agus àm gu bhith sàmhach, agus saoilidh mi gur freagarrach do dhuine a bhith 'n a thosd aig ceann uaigh a bhràthar, agus gun na nithean a tha 'n a chridhe a thoirt do choigrich no do eòin an adhair.”

“ Mata,” arsa am beadall, “ cha b'e sin a rinn am peasan ud, ach ann an guth cruaidh cabhagach mar gu'm biodh e a reic leabhair as a' phaca, thubhairt e, 'Tha a' chuid mhór de na tha air an tiodhlacadh anns na h-uaighean againne ann an truaighe shiorruidh, oir mur beirear duine a ris chan fhaod e rioghadh Dhé fhaicinn, ach cha robh duine de na daoine againne air am breith a ris ach mi fhéin is Seònaid piuthar m'athar.”

“ Uist, a chreutair ghrannda,” arsa mi fhéin ris ; “ na bi a' gabhail air do bhilean briathran sòluite nach 'eil fhios agad ciod a tha iad a' ciallachadh ; tha daoine air an sìneadh anns an uaigh sin nach bi thusa gu bràth cho mhaith riu ged bhiodh tu air do bhreith fichead uair, t'athair agus do mhàthair agus Seumas.”

“ An déidh dha falbh bha mi a' smuaineachadh air an rud a thubhairt e ; a' smuaineachadh am biodh e comasach dhomh fhéin fois no sonas a mhealtainn aon mhionaid de mo bheatha na'm bithinn a' creidsinn gu robh mo bhean agus mo chlann air am pianadh ann an lasraichean shiorruidh gun dòchas gu'm faigheadh iad faochadh no fuasgladh gu bràth. Cha bhith-eadh ; duine air bith a ghabhadh a bhiaidh gu toilichte no a chaidleadh gu réidh anns an oidhche agus fhios aige gu robh a bhràthair no athair no a mhac a' fulang ann an loch teine

pian a tha dol os cionn cainnte, sin duine a thoilleadh an teine e fhéin.”

A bheil cron ann ?

“ Bidh e air uairean a' tighinn a steach ormsa nach 'eil daoine idir a' creidsinn anns an teine fhiadhaich ud 'nan cridhe ged tha iad fhéin an dùil gu bheil ; chan 'eil e daibh ach mar rud a chunnaic no chual iad anns a' phaipeir-naigheachd, rud nach 'eil a' deanamh greim ceart air an inntinn. Ach ged bhios na smuaintean sin ag éirigh suas 'n am inntinn-sa, an uair a bhios mi a' cnuasachadh air cùisean leam fhéin anns a' chladh, bidh eagal orm air uairean nach 'eil e ceart dhomh a bhith a' gabhail gnothuich ri nithean a tha os cionn mo thuigse, agus gu'm faod e bhith gu bheil mi a' toirt oibh-cum do Dhia. Ciod a tha thusa ag ràdh? ”

“ Tha, nach ruig sibh a leas eagal air bith a bhith oirbh gu'n cuir bhur smuaineachadh-se fearg air Dia, oir is e a Spiorad féin as ùghdar do gach smuain is faireachduinn chaomhail a dh' éireas ann an cridhe duine. Ciod eile an dòigh air an do ràinig na daoine naomh a sgrìobh am Biobull air na beachdan a chuir iad sìos ann ach le bhith smuaineachadh 'n an inntinn féin air nàdur, is dòighean, is ruintean an Tigh-earna. Tha an Spiorad ceudna a' labhair ri-san anns na làithean o shean a' labhairt ri daoine an duigh fhathast, agus a' teagasg daibh iomadh rud air nach do ràinig ar n-aithrichean. Is e Dia féin a thug do mhac an duine comas breithneachaidh, agus cha toirmisg e do dhuine buadhan inntinn a chleachdadh, cho fhad 's a tha a chridhe air a shocruchadh air na nithean a tha fìor-ghlan. Theagamh nach cuala sibhse. a Chalum, an naigheachd so riamh, ach thàinig i gu m' inntinn an uair a bha sibh ag innseadh dhomh mu'n rud a thubhairt Tearlach nan duilleagan, agus bho na tha i a' bunntainn ris na nithean air a bheil sinn a' seachas, innsidh mi dhuibh i, ged nach bi m'aithris ach gu maith maol an coimeas ri aithris a bhàird agus an duine dhiadhaidh a dh' innis an toiseach i ann an rannan Beurla, An t-Urramach Walter C. Smith, ministear de'n Eaglais Shaoir, an Dunéideann.”

An òigh aig geata nèimh

“ Tha an naigheachd mu òg-bhean a ràinig geata nèimh, air a saoradh agus air a glanadh bho uile pheacadh an t-saoghail. Bha neo-chiontas a cridhe ri fhaicinn air a h-aodann, air chor agus gu'n do ghlaodh Peadar, gun uiread is ceist a chur oirre mu a creud no a paidir, “ Fosglaihb an dorus is leigibh a steach i, oir is e so òigh a tha airidh air suidhe aig suipeir an Uain.”

“ Cha téid mi a steach, fhreagair i ; cha b' ann a dhol a steach a thàinig mi gu geata nèimh ach a dh' fhaicinn an Uain ; faiceam

aon sealladh de mo Thighearna, agus cluinneam aon phong de òran nan naomh, agus is leòir an sòlas sin dhomh; ach chan fhaod mi dol a steach, oir feumaidh mi dol a null far a bheil na truaghain a' fulang ann an ifreann, air taobh eile na dòimhne."

Agus bha na h-ainglean uile 'n an tosd.

"Tha bràthair ann air a bheil gaol agam, agus leannan cuideachd; ciamar a thogainn-sa fonn nan salm air clàrsaich òir agus iadsan a' mallachadh a chéile ann an ifreann? Ion-mhiannaichte tha na sràidean òir, craobh na-beatha, is cathair àluinn Dhé, ach b' fheàrr leam iad sin uile a chall seach a bhi gun chomas air fiu na dibhe a thoirt do na truaghain a tha fulang péin."

Agus bha na h-ainglean uile 'n an tosd.

"A bhrònag bhoichd," arsa Peadar, "thig thusa a steach; ann an nèamh tha glòir an Tighearna, agus sonas is fois; chan iarr iadsan

gu bràth dol a mach as a thig a steach, oir cha bhi bròn, no bàs, no fuachd, no eagal, no pian an so."

"Bhithinn fada bho Chrìosd," ars' an òigh, "eadhon air nèamh, mur biodh iochd ann am chridhe ris na truaghain bheò, agus truas do na truaghain mharbh. Nach d' fhuiling e fhéin air a' chrann, a chionn gu robh gaol aige orm, agus gu robh iochd 'n a chridhe is dùrachd dhian air na caoraich a bha cailte a theàrnadh, agus a thoirt air an ais gu Dia! Cò is fheàrr a bhi siubhal nan caorach chaillte na bhi seinn le clàrsach òir?"

Agus bha na h-ainglean uile 'n an tosd.

"Sheas an Tighearna e féin aig geata nèimh, a' cluinntinn na h-òigh; cha tig thusa a steach ach théid mise a mach, thubhairt an Slanuighear caomh; théid sinn sìos do'n t-slochd oir co aige a tha fhios nach éisd iad fhathast ri facal Dhé."

Agus bha na h-ainglean uile 'n an tosd.

Aig an Uinneig

Cnàmhan tioram

SO agad, a leughadair, cnàmhan air am faod thu féin féidil a chur, agus anail na beatha a shéideadh anna, air do shocair. Tha e 'n a chleachdadh agam-sa a bhi cruinneachadh bhriathran á facal an Tighearna a fhreagras air na cuspairelan air am 'bi mi dol a labhairt, oir is toigh leam searmon a bhi làn de'n Sgrìobtur. Cha searmon leam searmon mur bheil facal an Tighearna air fheadh, mar gu'm faiceadh tu currants ann am buillean arain. Coma leam daoine a bhios a' smìomh shearmon as an cinn féin mar gu'm biodh damhan-allaidh a' figheadh lìn le snàth a thàirngeas e as a chorp. Chan 'eil cuimhne agam an diugh car son a chruinnich mi na facail shònruichte so, ach chuir mi sìos iad còmhla uair-eigin air duilleig ann am fear de na leabhraichean beaga a tha agam air son a' ghnòthuich.

Tha m' fheòil agus mo chridhe air fàilneachadh; is e Dia neart mo chridhe agus mo chuibhrionn gu sìorruidh.—*Salm lxxiii. 26.*

Cia an duine a tha gealtach agus lag-chridheach? rachadh e agus pilleadh e d'a thigh a chum nach dean e cridhe a bhràithrean lag mar a chridhe féin.—*Deuteronomi xx. 8.*

Bha eagal air agus chriothnaich a chridhe gu mór.—*1 Samuel xxviii. 5.*

Cuimhnich thusa mo Dhia air Tobiah . . . agus air a' chuid eile de na fàidhibh leis am b' àill eagal a chur orm.—*Nehemiah vi. 14.*

An teich duine mar tha mise?—*Nehemiah vi. 11.*

Cuiridh fuaim duilleig air chrith iad air theicheadh, agus teichidh iad mar gu'm biodh iad a' teicheadh o'n chlaidheamh.—*Leviticus xxvi. 36.*

Teichidh an t-aingidh gun neach bhi an tòir air.—*Gnàth-Fhocail xxviii. 1.*

Cridhe dhaoine 'g an tréigsinn troimh eagal.—*Lucas xxi. 26.*

Car son a tha thu air do leagadh sìos, O m'anam?—*Salm xliii.*

Ghabh iad eagal mór an uair nach robh aobhar eagal ann.—*Salm liii. 5.*

Amhaireibh suas, agus togaibh bhur cinn, oir tha bhur saorsa am fagus.—*Lucas xxi. 28.*

Ma tha Dia leinn cò dh' fhaodas a bhi 'n ar n-aghaidh.—*Rom. viii. 31.*

Ma bhios clann Amoin na's treise na thusa thig mise a dheanamh còmhnaidh riut.—*2 Samuel x. 11.*

Bheir esan neart do'n anfhann, agus dhaibhsan a tha gun lùgh meudaichidh e treise . . . iadsan a dh' fheitheas air an Tighearna gheibh iad spionnadh nuadh.—*Isaiah xl. 29.*

Nach do chuir thu gàrradh mu'n cuairt da féin agus mu'n cuairt d'a thigh.—*Job i. 10.*

Bheir e àithne d'a ainglibh mu d' thimchioll, chum do ghleidheadh ann ad shlighibh uile.—*Salm xci. 11.*

Dh' iarr mi an Tighearna agus shaor e mi o gach aobhar eagail a bha agam.—*Salm xxxiv. 4.*

Na bitheadh eagal oirbh.—*Mata xiv. 27.*

An ti a bheanas ruibh-se beanaidh e ri cloich a shùla-san.—*Sechariah ii. 8.*

Is toigh le Dia daoine gaisgeil; chan 'eil cuibhrionn 'na rìoghachd aig daoine gealtach. . . . Is fheàrr réisimeid lag-chridheach is gaisgeach air an ceann na réisimeid ghaisgeach is gealtair air an ceann. . . . Air cho dubh 's 'g am bi na neòil tha iad fad air falbh.

Mu fhreagairt litrichean

Tha daoine agus Comuinn ann a tha creidsinn gu'n téid aig mac an duine air ruighinn air ionlanachd anns a' bheatha so. Bha ministear de'n t-seòrsa so anns an eaglais Shasannaich a' bruidhinn ri cruinneachadh de mhinistearan eile, ag innseadh dhaibh fhiosrachadh féin o'n ghabh e ris an fhèrrinn ud; ag innseadh gu'n d' fhuair e buaidh air gach peacadh a bha ag iadhadh uime, le cumbachd gràis, agus gu robh e cho fad 's a b' aithne dha ionlan am fianuis Dhe. An uair a sguir e de bhruidhinn bha tosdachd anns an t-seòmar fad chòig mionaidean, gus an cualas guth caol ciùin o fhear de'n luchd-éisdeachd, ag ràdh, *An cuir mo bhràthair a làmh air a chridhe agus an innis e dhùinn an bi e freagairt nan litrichean a bhios e a' faotainn?* (Bha am bràthair nd ainmeil air son a leisge; cha fhreagrach e litir anns an fhichead, is cha fhreagrach e an té sin fhéin an àm.)

Ma dh' fhaodar an dearbhadh so a ghabhail mar aon de chomharran na coimhliontachd tha eagal orm gu bheil móran de mhinistearan anns a' Ghàidhealtachd a tha fada fada o fhoirfeachd.

Bho chionn thrì mìosan no mar sin sgrìobh mi aon là ceithir litrichean deug gu ministearan anns a' Ghàidhealtachd, ag iarraidh orra crioman Gàidhlig a chur thugam air son nan duilleagan so; ministearan a bha mi an dùil a b' urrainn Gàidhlig a sgrìobhadh, ach as a' cheithir deug cha do chuir ach aon fhear fios-freagairt thugam. Cha bhithinn 'g an tagar ged dhiùltadh iad mi, no ged dh' iarradh iad an lethsgual a ghabhail, ach chuir e iongantais orm nach do chuir iad fios-freagairt thugam, ged nach deanadh iad ach a ràdh gu'n d' fhuair iad mo litir. Tha an saoghal ag atharrachadh, agus dòighean mhinistearan òga; cha tachradh sud ann an eaglais na h-Alba fichead bliadhna roimhe so.

Tha seòrsachan litrichean ann nach freagair eadhon daoine sìobhalta; litrichean a' bhuinne-sé, is feadhainn eile nach 'eil pearsanta, ach litir air bhith a tha air a sgrìobhadh thugad air t'ainm, agus ann an làmh an fhir a chuir thugad i, ag iarraidh freagairt, tha còir agad a freagairt.

Thachair dhomh an là ud mar a thachair do'n fhear a chaidh gu carraig; "chuir mi mach mo dhubhan," ars' esan. "is nharbh mi griobunn; chuir mi mach a ris, is fhuair mi bà-ròc." Iasgach bochd, ma thuigeas tu!

Apocripa

Gliocas Sholaimh

THA i na's maisiche na ghrian, agus os ciom tuile sheòrsachan nan reultan: ged a choimeasar ris an t-solus i bha i ann roimh 'n t-solus. Oir an déidh an t-soluis thig an oidheche, ach cha bhnuadhaich aingidheachd an aghaidh gliocais.

Ghràdhaich mi i agus shir mi i o m' òige; mhiannaich mi i bhì agam 'n a bean-phòsda agus bha gaol agam air a maise.

Do bhrìgh gu bheil conaltradh aice ri Dia, tha i ag àrdachadh a h-uaisle; seadh thug Tighearna nan uile nithean e féin gràdh dhi. Oir is aithne dhi dìomhaireachd colais Dhé, agus tha gràdh aice d'a oibre.

Mathasaoibhreas 'n a sheilbh a tha ion-mhian-naichte anns a' bheatha so, ciod an saoihbhreas as motha na gliocas, a dh' oibrichas na h-uile nithean. Agus ma ni tuigse obair, cò am measg nan uile a tha 'na fhear-oibre na 's finealta na ise. Ma ghràdhaicheas duine fireantachd, is

subhailecan a saothair: oir teagaisgidh i stuamachd is tuigse, ceartas is feartas: agus chan urrainn daoine nithean as buannachdaile na iad sin fhaotainn 'n am beatha.

Ma mhiannaicheas duine móran fiosrachaidh, is aithne dhi na nithean a bha ann o shean agus tomhsaich i gu ceart ciod a tha ri teachd: is aithne dhi seòltachd bhriathran, agus tuigidh i dubh-fhacail: chi i roimh làmh comharaidhean is iongantasan, agus crìoch nan tràthan agus nan amannan.

Mar sin shuidhich mi gu'n tugainn i a chòmh-nuidh maille rium, air dhomh fhios a bhì agam gu'm biodh i 'n a comhairliche nithean maithe, agus 'n a comhfhurtachd an àm bròin is cùrain. Air a sgàth-se tha cliù agam am measg an t-sluaigh agus urram an measg nan seanairean, ged nach 'eil mi ach òg.

November

Cuairt na Gealaich

A' cheud cheathramh, 5 mh là
An solus làn, 13 mh là

An ceathramh mu dheireadh, 21 mh là
An solus ùr, 28 mh là

Oir bi aithne an rìgh mu'n tìnehioll gu'm biodh cuibhrionn àraidh air an son, a dh'lighe féin air gach là

- | | | | |
|-----------------|--|-----------------|---|
| 1. Di-Màirt | Cha bhi grinneas gun dragh. | 15. Di-Màirt | Gabh an latha maith air a thoiseach. |
| 2. Di-ciadaoin | Na toir iasad air an iasad. | 16. Di-ciadaoin | Is beag a tha eadar a chòir 's an eucoir. |
| 3. Di-ardaoin | Teisteanas a choimhears-naich air gach neach. | 17. Di-ardaoin | Is daoine nach gabh comhairle. |
| 4. Di-haoine | Is duine còir e ach na h-iarraidh. | 18. Di-haoie | Thig dàil gu dorus. |
| 5. Di-Sathuirn | Is leasg leis an leisgein dol a laighe. | 19. Di-Sathuirn | Is fheàrr bhi cinnteach na bhi caillteach. |
| 6. Di-Dòmhnach | <i>Abair ris an t-Sabaid, Toil-intinn; agus ri là naomh an Tighearna, Urramach.</i> —Isaiah lviii. 13. | 20. Di-Dòmhnach | <i>Rinn Iosa leigheas air là na Sabaid.</i> —Lucas xiii. 14. |
| 7. Di-Luain | Am fear a nì obair gu tràth bithidh e 'na leth-thàmh. | 21. Di-Luain | Tachraidh a h-uile ni ris a' chois ghoirt. |
| 8. Di-Màirt | Am fear a bhios fada gun éirigh bithidh e 'na leum fad an latha. | 22. Di-Màirt | Is fheàrr am bochd ionraic na'm beartach mealltach. |
| 9. Di-ciadaoin | Is beò duine an déidh a shàrachadh. | 23. Di-ciadaoin | Ni màthair easgaidh nighcan leasg. |
| 10. Di-ardaoin | Ach cha bheò e an déidh a nàrachadh. | 24. Di-ardaoin | Is fuar tigh gun mhàthair. |
| 11. Di-haoine | Millidh aon bhò buaile, millidh aon bhean baile. | 25. Di-haoine | An rud nach buin dhuit na buin dha. |
| 12. Di-Sathuirn | Faighidinn nam ban, gus an cunntar trì. | 26. Di-Sathuirn | Léintean farsuing do na leanaban òga. |
| 13. Di-Dòmhnach | <i>Cuimhnich là na Sabaid a naomhachadh.</i> —Ecsodus xx. 8. | 27. Di-Dòmhnach | <i>Ghabh iad tàmh air là na Sabaid, a réir na h-àithne.</i> —Lucas xxiii. 56. |
| 14. Di-Luain | Faodaidh an òige ach feumaidh an aois falbh. | 28. Di-Luain | Bidh gille aig an fheannaig fhéin 's an fhoghar. |
| | | 29. Di-Màirt | Cha dean dubhan rùisgte iasgach. |
| | | 30. Di-ciadaoin | Is fheàrr bannag le sìth na baile le strì. |

Urnuigh air son 11^{mh} November

CUIR gaol na sìthe am measg nan rìghrean;
A' tric ri strì iad mu ni ro fhaoine;
A' tional armailt, 's cinn-fheadhna 'falbh leò,
A ghlacadh talmhainn 's a mharbhadh dhaoine';
Daoine nach tug fuath dhaibh 's le 'm b'ail bhì
suairece,
Ach chaidh sparradh 'n tuasaid le'n uachdrain
fhéin;
Mo thruaigh! nach b' fheàrr do na h-uachdrain
àrd ud
Bhi beò mar bhràithrean, an gràdh d'a chéil?'

A Dhe na sìochaint, craobh-sgaol an fhìrinn,
Measg slògh nan tìrean 's nan innsean cian;
Mar dhaoine' air chall ann an ceò nam beann
iad,
An oidhche teann orr' 's iad fann gun bhìadh;
Thoir solus glé ghlan, thoir rathad réidh dhaibh,
Is cridhe treun a thoirt géill do'n Uan;
Thoir sgeul do shlàinte, thoir fios do ghràidh
dhaibh,
Cuir feart do ghràsan 'n an dàil le buaidh.

I. M.



Tiodhlac an Spioraid

“An d’ fhuair sibh an Spiorad Naomh o chreid sibh?”—GNÌOMHARAN XIX. 2.

AN uair a chuir an t-abstol Pol a’ cheist so air Adeisciobuil àraidh a thachair air ann an Ephesus, is e a thubhairt iad ris, *Cha chuala sinn uiread agus gu bheil Spiorad Naomh ann.* Theagamh gu’n abradh cuid de shluagh an Tighearna an nì ceudna an dingh fhathast. Chan e mhàin nach ’eil an t-aoibhneas aca anns an Spiorad Naomh a bha aig Pol, ach tha teagasg a’ Bhiobuill mu’n Spiorad ’na theagasg dorcha dhaibh. Tha e a’ dol os cionn an eòlais agus an tuigse; chan ’eil fiosrachadh air bith aca ’n am beatha féin air cumhachd no comhfhurtachd an Spioraid Naomh.

I. Gheall Criosd gu’n cuireadh e an Spiorad Naomh a dh’ ionnsuidh na h-eaglais. Thubhairt e ris na deisciobuil, *Is buannachd dhuibh mise a dh’ fhalbh, oir mur fhalbh mi cha tig an Comhfhurtair d’ ur n-ionnsuidh.* Chan iongnadh ged bha sin ’na fhacal dorcha do na deisciobuil aig an àm, agus nach do làn thuig iad e. Bha e duilich dhaibh a chreidsinn gu’m faigheadh iad air dhòigh eile eòlas na b’ fheàrr air Criosd na fhnuair iad an uair a bha e maille riu air thalamh. Chummaic iad a chorp is aghaidh le ’n sùilean; làimhsich iad le’n làmhan e, is chual iad a theagasg le’n chuasan. Ach air a shon sin, thubhairt e féin riu gu robh móran d’a ghlòir-san nach fhaca iad fhathast, agus nach fhaiceadh iad gus an tigeadh an Spiorad Naomh agus am fosgladh e an sùilean. *An uair a thig Spiorad na firinn teòraichidh e sibh chum gach uile fhèrrinn, oir gheibh e de m’ chuid-sa agus nochdaidh e dhuibhse e.*

Ach cha b’ urrainn daibh an Spiorad fhaotainn gus am falbhadh Criosd, oir b’ ann le a bhàs féin agus le aiseirigh a choisinn e do’n t-saoghal tiodhlac an Spioraid. Is e teachd an Spioraid Naomh aon de na beannachdan prìseil a tha sruthadh o obair Chrìosd, agus dh’ fheumadh an obair sin a bhi crìochnaichte m’ an cuireadh Dia an Comhfhurtair d’ ar n-ionnsuidh-ne, ann an lànachd a chumhachd. Gus an do shuidh Criosd air cathair a ghlòire far a bheil e a’ coimhlonadh ministrealachd shiorruidh air son a bhràithrean, ann an cumhachd a shagartachd, cha b’ urrainn an gealladh a bhi air a choimhlonadh, *Cuiridh mi an Comhfhurtair d’ ur n-ionnsuidh.* Cha b’ urrainn Criosd féin fantuinn maille r’a dheisciobuil ach tamull beag, ach fanaidh an Comhfhurtair maille riu gu bràth. Chan fhàg an Spiorad Naomh an eaglais gus am bi i air a nochdadh gu neo-lochdach am fianuis Dhe ann an glòir.

II. Cha b’ fhada gus an d’ fhuair na h-abstoil a mach gu’m bu bhuanachd dhaibh Criosd a dh’ fhalbh. Fo bhuaidh an Spioraid bha iad na bu dlùithe dha na bha iad riamh roimhe, agus fhuair iad sealladh is faireachduinn ùr air a ghlòir. Bha an t-abstol Eoin na bu dlùithe d’a Thighearna ann am Patmos na bha e an oidhche a leag e a cheann air uched aig an t-suipeir. Am feadh ’s a bha Iosa maille ris na deisciobuil anns an fheòil bha iad ’g a fhaicinn ann an laigse a dhaonnachd agus ann an staid irioslachd, air chor agus gu robh e duilich dhaibh cumhachd a dhiadhachd agus saobhbheas a ghlòire a thuigsinn. Ach an uair a chaidh e as an sealladh, agus a thug an Spiorad Naomh gu’n cuimhne na nithean a labhair e riu, thuig iad nithean a bha roimhe dorcha dhaibh; bha nithean air am foillseachadh dhaibh nach gabhadh a bhi air am foillseachadh le fuil no feòil, nithean a tha a mhàin air am foillseachadh leis an Spiorad dhaibhsan aig a bheil gràdh do Dhia.

Ann an aon seachduinn, mu là na Cuingis, thàinig fàs spioradail air na h-abstoil nach d’ thàinig orra ann an bliadhna roimhe sin; chuir iad nithean leanabail air chùil is thàinig iad gu ire duine. Gus an tàinig an Spiorad Naomh cha robh annta ach leanaban; labhair iad mar leanaban; thuig iad mar leanaban; reusonaich iad mar leanaban, ach an uair a thùrling an Spiorad orra, dh’ fhàs is dh’ abnich iad, agus thuig iad gu h-iomlan nithean spioradail nach b’ aithne dhaibh roimhe sin ach ann an cuid. *Ged b’ aithne dhuinn Criosd a réir na feòla gidheadh a nis chan aithne dhuinn e na’s mò.*

B’ aithne dhaibh e ann an dòigh ùr, ann an cumhachd agus ann an soilleireachd an Spioraid. Tha e glé choitach nach fhaca Pol an Slànuighear ann an làithean fheòla, ach mur faea, bha diomhaireachd na diadhachd is nithean a bhuineadh do Chrìosd air am foillseachadh dha eadhon mar nach robh iad air am foillseachadh do na h-abstoil a bha maille ris fad thri bliadhna. Do bhrìgh gu h-ann air mhodh spioradail a thuigear nithean spioradail bha e ’n a bhuanachd do’n t-saoghal Criosd a dh’ fhalbh agus an Spiorad Naomh a thighinn.

III. Is e tiodhlac is feartan an Spioraid pàirt de oighreachd nan creidmheach, ach tha móran de shluagh an Tighearna nach ’eil a’ gabhail seilbh anns an oighreachd mhór a thug Dia dhaibh, a chionn nach do chreid iad riamh gu ceart teagasg a’ Bhiobuill mu thimchioll an

Spioraid Naoimh. Gun teagamh tha iad a' creidsinn gu bheil an Spiorad ag iompachadh dhaoine; tha iad a' creidsinn gu bheil e a' dearbhadh an cionta air peacaich; ach tha iad an dùil, an uair a tha sin deanta, gu bheil obair an Spioraid ullamh. Ach bhiodh e na b' fhìre a ràdh gu h-ann an sin a tha obair an Spioraid a' tòiseachadh. Ma tha an Tiomnadh Nuadh a' teagasg gur h-ann le tarruing an Spioraid a bheirear peacaich gu Crìosd, tha e a' teagasg mar an ceudna gur e obair shònruichte an Spioraid na creidmhich a naomhachadh agus a shoilleireachadh ann an eòlas Dhé. Tha cuid de shluagh an Tighearna a tha toilichte gu leòir ma gheibh iad maitheanas o Dhia air son am peacaidhean; tha iad an dùil nach biodh ann dhaibh ach dànadas an còrr a thagar. Ach chan 'eil ann am maitheanas ar peacaidhean ach pàirt bheag de'n oighreachd mhór a thug Dia dhuinn ann an Crìosd. Maille ri maitheanas tha e a' toirt duinn *tìodhlac an Spioraid*; Spiorad a dh' fhanas maille ruinn gu bràth mar fhianuis Dhé an taobh a stigh dhuinn.

Tha mòran dhaoine an dùil nach 'eil an tìodhlac so air a thoirt ach do dhuine annamh; nach 'eil e air a thoirt ach do dhaoine a tha naomh is iriosal is glan 'n an cridhe, ach is e teagasg an Tiomnaidh Nuaidh gu bheil Dia a toirt an Spioraid Naoimh do na h-uile a tha 'n an creidmhich, agus a dh' iarras e. Tha Dia a' toirt tìodhlac an Spioraid, chan ann do naomh sònruichte an sid agus an so, ach do chomunn nan creidmheach gu léir. Iadsan uile a chreid anns an Tighearn Iosa, agus a fhuair maitheanas am peacaidhean, fhuair iad mar an ceudna (co dhiu a tha iad a' deanamh feum dheth no nach 'eil) tìodhlac an Spioraid. Tha e a' chòmhnuidh anna, agus chan fhàg e iad gu bràth. Fhuair iad e dìreach mar a fhuair iad na beannachdan eile a tha a' sruthadh o bhàs agus o obair Chrìosd. "Deanaibh aithreachas," arsa Peadar, agus bithibh air bhur baisteadh gach aon agaibh ann an ainm Iosa Crìosd, chum maitheanas

pheacaidhean, agus gheibh sibh tìodhlac an Spioraid." Bha an dà nì a' dol còmhla; iadsan a fhuair maitheanas fhuair iad an Spiorad mar an ceudna. Ach ged tha mòran chreidmheach riarachta gu leòir ma chaidh folach a chur air an cionta, mur d' fhuair iad tìodhlac an Spioraid, cha d' fhuair iad ach pàirt de'n oighreachd; earlais bheag de shaoibhreas nan gràs a tha ann an Crìosd. Tha saobhbheas as motha na sin ann an Crìosd, saobhbheas a dh' fhaodas iad a thagar air bhonn a gheallaidh féin, agus as eugmhais nach bi iad air an lionadh le cumhachd Dhé.

IV. Tha Crìosd ag ràdh r'a uile dheisciobuil, *Gabhaidh an Spiorad Naomh*. Cha deachaidh an teine a bha air a lasadh air là na Cuingis a mhùchadh. Ma tha sinne gun neart gun chlà, gun solus, chan e as aoibhar dha sin nach 'eil Fear-cuideachaidh no Fear-teagaisg againn, ach nach 'eil sinn a' leigeil le a chumhachd oibreachadh annainn. Mur bheil sinn a' fàs ann an gràs agus ann an eòlas air ar Tighearn agus ar Slànuighear, chan e as coireach dha sin nach 'eil neach ann a theagaisgeas sinn, ach nach 'eil sinn a' gabhail ri tìodhlac an Spioraid a tha air a thairgsinn dhuinn anns an t-soisgeul. Is e obair an Spioraid, maise is gràs Chrìosd fhoillseachadh do dhaoine. *Bheir esan glòir dhòmhsa, oir gheibh e do m' chuid-sa agus nochdaidh e dhuibhse e.* Gu cuid de chreidmhich thig an Spiorad Naomh mar spiorad gliocais; gu cuid eile thig e mar spiorad gràidh; gu cuid thig e mar spiorad firinn, agus gu cuid thig e mar spiorad cumhachd. Thig e uairean mar theine gu bhi a' losgadh 's a' glanadh. Thig e uairean mar an drùchd no mar ghaoth bhlàth an t-samhraidh, gu bhi toirt fàs is cinneas. Thig e uairean mar theachdaire sìthe agus cha chluinnear a ghuth, ach thig e uairean eile mar thoirm mhóran uisgeachan. Ach ciod air bith an dòigh anns an tig e, is beannaichte iadsan anns an gabh e còmhnuidh; is sona an cridhe anns a bheil spiorad Naomh an Tighearn a' deanamh a dhachaidh.

Annas a' Chathair

BHO chiomn ghoirid chuir an t-Ollamh, an t-Urramach Iain Mac Leòid, Ceann a' Chollaist aig an eaglais Shaoir an Dunéideamh, a mach as ùr an leabhar a bha air a sgrìobhadh mu Dhòmhnallach na Tòiseachd leis an Ollamh Iain Ceanaideach a bha an Inbhir Pheofharan. Tha na sgrìobh an Dotair Ceanaideach air fhàgail mar bha e anns a' cheud chlà, ach tha ceithir nithean ùra anns an leabhar so a nis nach robh ann an toiseach, nithean a bhuineas do làmh an Dotair Mhic Leòid féin:

(1) An cunntas a sgrìobh an Dotair Dòmhnallach air an treas turas a thug e do Hiort an 1827.

(2) Aireamh is ainmean nan daoine a bha ann a Hiort anns a' bhliadhna 1822.

(3) Ceithir pìosan de bhàrdachd an Dòmhnallaich air an tionndadh gu Beurla.

(4) Pasgan de naigheachdan ùra mu'n Dòmhnallach a chruinnich e o bheul aithris an t-sluaigh.

Tha a' chuid de'n obair so a bhuineas do làmh an Ollaimh Mhic Leòid air a deanamh gu cothromach, mar a dh' fhaodteadh a bhi cinnteach gu'm bitheadh i, is bithidh mòran dhaoine 'na chomain air son an dìchill leis an do dhioghlum e na diasan ùra so mu Dhòmhnallach na

Tòiseachd, agus mu mhuinntir Hiort. Anns na làithean so is e an t-atharrachadh a tha tighinn air an t-saoghal dà thrian de sheanchas dhaoinè, ach ged bhatar a' saoilinn gu robh Hiort cho fada air falbh 's nach beanadh an an-shocair ris a tha crathadh a' chuid eile de'n t-saoghal, thàinig barrachd atharrachaidh air Hiort ann an aon bhliadhna na thàinig air àite air bith eile ann am mìle. Tha Hiort an diugh fàs ; gun smùid, gun teine ; cha labhrar air Hiortaich gu bràth tuilleadh ; am beagan ùine bidh iad cho marbh ris na Hitich no na h-Amoraich, is theagamh, còig ceud bliadhna 'na dhéidh so, gu'm bi na sgoilearan móra a bhios ann an Oil-thigh I. Chalum-chille a' comsachadh agus a sgrìobhadh leabhraichean umpa ; co dhiubh a bha annta Cruithnich, no sithichean, no draoidhean, no treubh mhanach, no eòin. Ach gu fortanach tachraidh an leabhar so air sgoilear air chor-eigin, is cuiridh e stad air an deasbud.

A thaobh bàrdachd an Dòmhnallaich, a thionndaidh an Dotair Mac Leòid gu Beurla, cha leig mi leas a ràdh ach gu bheil an obair air a deanamh cho mhaith 's a ghabhadh i deanamh ; tha i gun chearb, ach air a shon sin, tha mi an diùl nach 'eil aobhar air bith an obair so a bh' air a deanamh idir, ach a mhàin gu bheil ùigh aig daoine anns an treathlaich as lugha de na sgrìobh duine ainmeil. Cha robh anail bheò na bàrdachd anns an Dotair Dhòmhnallach, no rud coltach rithe, ach bha imtinn làidir aige agus Gàidhlig mhaith, air chor agus gu rachadh aige air cainntaireachd is rannaireachd a dheanamh uair sam bith a thoilicheadh e.

Tha an leabhar so a' togail iomadh ceist air nach urrainn mise bruidhinn air an duilleig so, air ghaol sìthe agus air air eagal conais, ach co dhiùbh is e maith no cron a thàinig cheana, agus a thig fhathast, á saothair is teagasg nam ministearan ris an abrar aithrichean Rois, tha aon ni a dh' fhaodas an saoghal uile a ràdh mu Dhòmhnallach na Tòiseachd, gu robh facal an Tighearna mar theine 'n a chnàmhan air chor agus nach b' urrainn e a bh' sàmhach, agus gu'n d' ith eud a thighe suas e air chor agus gu robh e air a chaitheamh gu togarrach ann an seirbbhis Dhe.

Coma leam diadhairean cumhann is diadh-airean tioram a bhios a' laghaireachd mu bhriathran, no bhios a' saoilinn gu'n d' thubhairt Dia na thubhairt iad fhéin, no Maighstir Dòmhnall, no Maighstir Eachann, no Rabbaidh eile ; is fheàrr aon searmonaiche soisgeulach na fichead dhiubh ; searmonaiche mar bha Moody, no Mac Cheyne, no Iain Wesley, no Dòmhnallach na Tòiseachd. Sin an treubh d' am buineadh an Dotair Dòmhnallach gu nàdurra ; treubh nan daoine aig nach 'eil ùigh ann an ni eile air thalamh ach peacaich a dhùsgadh agus a thoirt gu Dia.

Tha mi an dòchas gu'm bi an leabhar so air a leughadh le mórán de ghillean òga anns a' Ghàidhealtachd a tha 'g an ullachadh féin air son dreuchd na ministrealachd, ciod air bith an eaglais d'am buin iad, oir chan urrainn duine a leughadh gun faireachduinn a bh' aige nach 'eil rud air bith eile cho éifeachadh no cho tarbhadh ann an seirbbhis an Tighearna ri searmonachadh an Fhacail. Sin leasan a tha air a theagasg do'n eaglais cho soilleir ris a' ghréin le eachdraidh nan linntean, ach is leasan e a tha i a' dichuimhneachadh gu tric.

Ged nach dean na searmoin a dh' fhàg an Dotair Dòmhnallach 'n a dhéidh an drùidheadh sòluimte air daoine an diugh a rinn iad air na daoine ris an robh iad air an labhairt (tha sin fìor mu na searmoin as fheàrr daonna) bha e 'na Phrionnsa am measg uile shearmonaichean na Gàidhealtachd. Ma dh' fheòraichear ciod na buadhan sònruichte a bha aige os eionn dhaoinè eile, theagamh gu'n abair cuid-eigin gu robh an tàlant àraidh so aige, agus gu'n abair aon eile gu robh an tàlant so eile aige, ach is e an fhìrinn, gu robh an duine air a lìonadh le cumhachd an Spioraid Naomh.

Cò is urrainn leughadh mu'n ghiollachd agus mu'n t-sàrachadh a thug e d'a bhodhig ann an seirbbhis an Tighearna gun a chridhe a bh' air a thaiseachadh agus air a thàladh thuige le gràdh ; a' searmonachadh dà uair 's an latha fad an t-sambraidh agus an fhoghair ; a' falbh ò àite gu àite gun fois a ghabhail agus gun sgìths faireachduinn a chionn gu robh facal an Tighearna mar theine 'n a chnàmhan ! Uair a bha e dona le fuachd, agus e air a leabaidh, agus gun a' dol aca air fallus a chur dheth, thàinig duine 'g a amharc a bha eòlach air a ghné agus air a dhòighean, Eachann Holmach. An uair a dh' innis iad do Eachann mar bha, chruinnich e na coimhearsnaich do chitsin an tìghe, is chaidh e suas far an robh Iain Dòmhnallach 'n a laighe, a dh' innseadh dha gu robh an tìgh làn le daoine aig an robh dùil ri facal an Tighearna a chluinntinn. “ Abair riu, ” ar's am ministear, “ nach urrainn mise éirigh. ” “ Is bochd an gnothuch, ” ar's Eachann, “ gu'm falbhadh an sluagh gun fhacal bhuaibh. ” Ciod a tha agad air, a leughadair, (agus sgeul ghoirid a dheanamh) ach gu'n do shuidh gaisgeach mór an t-soisgeil suas anns an leabaidh, na plaideachan air an teanachadh m'a ghuaillèan, is dorus an t-seòmair air fhosgladh los gun cluinneadh an sluagh, agus gu'n do shearmonaich e dhaibh *agus an robh fhallus a' taomadh dheth*. Chaidil e gu soeruch an oidheche sin, is cha robh sgeul air an fhuachd anns a' mhaduinn. Bha fhios aig Eachann Holmach gu robh de ghaol aig an duine bheannaichte air an t-soisgeul 's gu'm b' e searmonachadh an t-soisgeil an iocshlaint a b' fheàrr d'a chridhe agus d'a bhodhig.

Ged tha iomadh ceum eadar an Tòiseachd

agus a' chrìoch Shasunnach, is fhaide na sin an t-astar a bha eadar aithrichean Rois agus an sluagh ris an abrar Methodaich, ach air a shon sin, bu bhràithrean a bha ann an Iain Wesley agus ann an Iain Dòmhnallach fo'n cneas. Ghabh Iain Wesley an saoghal mar a sgìreachd, is ghabh Iain Dòmhnallach a' Ghàidhealtachd uile.

Ma tha e fìor gu'm bi cuimhne an fhèin beannaichte tha e fìor cuideachd gu'm bean-naichear iadsan a chumas cuimhne air an fhèin. Mòran taing, mata, do'n Dotair Mac Leòid air son an leabhair so.

* * * * *

An Searmonachadh ceart

Bho chionn ceithir no còig de bhliadhnanachan thàinig dà bhoirionnach do Bhlàr a chumail choinneamhan anns an tigh-sgoil. Uair no dhà air feasgar Sàbaid, an dèidh do'n t-seirbhis againn féin a bhì thairis, chaidh mi féin agus aon no dhà eile de'n choimhthional a steach do'n tigh sgoil, far an robh na boirionnach ud a' searmonachadh. Bha e furasda gu leòr fhaicinn nach robh sgil no sgoil aca, agus gu robh iomadh beachd aca cuideachd a bha leanabail air neo ceàrr, ach air a shon sin theòigh mo chridhe riù, agus chòrd na coinneamhan rium, agus searmonachadh té dhiubh gu sònruichte, a chionn gu'm b' aithne dhi labhairt ri daoine a bha sìreach slighe na beatha mar bu chòir do shearmonaiche labhairt riù. Dh' innis i dhuinn gu réidh, ciùin, iriosal, agus ann an dòigh a bha anabarrach drùidhteach, ciod a rinn Dia air a son féin, agus an t-sìth bheannaichte agus an sonas a bha aice o'n là a ghabh i ri facal Chrìosd.

Sin an seòrsa searmonachaidh as fheàrr daonnan; ciod air bith a' bhuaidh a bha aige air daoine eile chomh-fhreagair mo chridhe-sa ris, agus chuir e dragh is nàire orm a bhì cuimhneachadh cia lion feasgar Sàbaid a chuir mi féin seachad ag innseadh do dhaoine mu Pharsaich, no mu Shadusaich, no mu Nebuchadnesar, agus gun aon ghuth air ciod a rinn Dia air son m'

anma. Gu cinnteach tha suilean an amadain an iomall na talmhainn.

An uair a ghairm an Slànuighear na h-abstoil agus a chuir e mach iad a shearmonachadh, chuir e mach iad mar *fhianuisean*. Sin, ma ta, aon ni a bu chòir a bhì air fhaotainn ann an searmonachadh ceart daonnan, fianuis gu'n d' fhuair am fear a tha labhairt ni-eigin o Chrìosd a chuir aobhneas 'na chridhe. Chan ann a chluinntinn mu na h-Iudhaich, no eadhon mu'n Eaglais, a bhìos daoine a' cruinneachadh an ceann a chèile air an t-Sàbaid ach a chluinntinn mu Chrìosd, agus mu'n chumhachd a tha aige saorsa a thoirt do dhaoine o na nithean a tha milleadh am beatha agus an suaimhneis. Agus ma's urrainn an searmonaiche innseadh o fhiosrachadh féin gu'n do rinn Crìosd nithean iongantach air a shon-san, agus gu'n d'fhuair e ann dearbhachd a thaobh maitheanas peacaidh agus co-chomunn sìthe ri Dia, sin an seòrsa searmonachaidh a tha buannachdail do pheacaich.

Ach an diugh tha Albainn air a bhòdhradh le seòrsa eile, searmonachadh anns nach 'eil fàilg air bith a thaobh cainnte, no sgoilearachd no ealadhain, ach anns nach 'eil spioradalachd. no fianuis, no freagairt air bith do'n ionndrainn a tha ann an cridheachan an luchd-éisdeachd. Chan e mhàin gu bheil mòran de na searmoin a bhios sinn a' liubhairt anns na làithean so ann an iomall na talmhainn ach tha iad anns a' Ghrioglachan; cho fada air falbh o shaoghal nam beò 's ged nach biodh 'g an éisdeachd ach bodach na gealaich. Ma tha anail na beatha ri bhì air a chumail ann an aoradh na h-eaglais feumaidh sinn fasain an là diugh a thaobh searmonachaidh a chur air chùl, agus bruidhinn ri daoine gu simplidh, chan ann mu na cuspairean air am faodadh sgoilearan is feallsanaich deas-bud a dheanamh ri sgoilearan is feallsanaich eile, *ach mu na nithean a rinn Dia air son ar n-anama*. Sin an fhianuis a ni drùidheadh air daoine agus a dhùisgeas creideamh anna, agus ionndrainn air cumhachd Chrìosd 'n am beatha féin.

Gliocas no Amaideas?

*Annas na daoine aosda tha gliocas;
Agus am fad làithean tuigse.*

CHAN 'eil teagamh nach 'eil so fìor anns an t-seadh anns an do chleachd Iob na briathran, ach tha rud no dhà ri ràdh air an taobh eile de'n chùis. Tha a' ghineal òg an làn bheachd nach bitheadh an saoghal anns an droch staid nach a bheil e an diugh na'n robh iad féin ann an ùghdarras ann am bliadhnanachan a' chogaidh, agus anns na bliadhnanachan 'n a dhéidh. Tha iad ag ràdh gun sgar gur e stalcaireachd agus

cruas-cridhe agus glòir dhìomhain nan seann daoine a bha air cheann ghnòthuichean anns na rioghachdan uile a dh' aobharaich an cogadh, agus is aobhar do na h-uile a thàinig air an t-saoghal anns na làithean so. Sin ceist anns nach urrainn mise dol a steach an dràs, is faodar a fàgail mar so, *gu'n saoil an neach a tha 'na thàmh gur e làmh féin a b' fheàrr air an stiùir*. Rinn na seann sgiobairean long-bhrìste gun

teagamh, ach cò is urrainn a ràdh ciod a thachradh na'n robh na leanaban glìce air an drochaid 'n an àite ?

Ach air a shon sin, feumar aideachadh gu'n cluinnear comhairlean gu tric o dhaoine aosda air nach 'eil dreach a' ghliocais. Iarraidh iad air an òigridh cur air an son féin, agus leigeil le daoine eile maorach no sgairbh a thoirt á creagan dhaibh féin. A h-uile seachduin de mo bheatha bithidh mi ag éisdeachd ri seann daoine, agus leth sheann daoine, ag innseadh dhomh nach 'eil ann ach gòraiche do dhuine e fhéin a shàrachadh air son dhaoine eile ; gur e don-duais a bhios aige air a shon air a cheann mu dheireadh, agus nach fhaigh e uiread agus taing. Their iad gur e sin fiosrachadh am beatha ; gu'n d' fhuair iad a mach e air an cosd féin, agus na'n robh iad a' tòiseachadh air am beatha as ùr nach briseadh iad an druim, agus nach tugadh iad gàgan air am meòir, a thoileachadh no ghiuceachadh duine a chunnaic iad riamh.

Am bitheantas bidh mise ag éisdeachd gun a bhi ag ràdh dad, ach 'n am inntinn féin bidh ambarus agam gu'n do chuir duine-eigin no ni-eigin bhàrr an siùil iad, agus gu bheil searbhadas 'nan cridhe a tha toirt orra a bhi labhairt gu h-amaideach. Chan e mhàin gu bheil e amaideach, ach tha e olc do dhuine air bith agus gu sònruichte do sheann daoine, a bhi ag ràdh nach airidh an co-chreutairean air coibhneas a dheanamh riutha, nach 'eil ceartas no uaisle no taingeachd anns an t-saoghal, agus gur e an gliocas do dhuine a bhuannachd féin iarraidh daonnan agus leigeil le daoine eile snàmh no dol fodha mar a thoilicheas iad. Chan 'eil anns na comhairlean sin ach gliocas Shatain ; ma tha freumh beag anna de'n ghliocas a ta o shìos chan 'eil dad anna de'n ghliocas a ta o shuas. A mach o earbsa a chall ann an Dia, cha b' urrainn rud a bu mbiosa tachairt do dhuine na earbsa a chall 'n a cho-chreutairean. A dh' aindeòin cò their atharrachadh, cha chail duine air a bhi coibhneil is tròcaireach is dleasdànach do na daoine a bhuineas dha, no ri

choimhearsnaich ; is fheàrr dha call fhulang na bhi cruaidh, agus is fheàrr dha an ear a bhi air a thoirt as air nairean na droch amharus a bhi 'na chridhe gun sgar. Agus a thaobh dhaoine aosda a fhuair fad laithean, is fheàrr dhaibh misneach is creideamh a chur ann an cridheachan na h-òigridh a tha tòiseachadh air réis na beatha seach a bhi cur amharus is an-earbsa anna.

Gus urram a thoirt dhaibhsan d'an dlìghear urram, bu mhaith leam iomradh a dheanamh air an duilleig so air seana mharaiche còir ann an Tobar-mhoire a b' àbhaist a bhi dol sìos a dh' ionnsuidh a' Cheithe air droch mhaduinnean a dh' aon ghnothuch gus misneach a thoirt do na daoine a bha a' gabhail an aiseig anns an *Fingal* do Thiriodh, is do Bharraidh, is do Uidhist. An uair a chitheadb e daoine truagha 'gan crùbadh féin, ag iarraidh fàsraidh agus gun fàsraidh ann, agus a chluinneadh e iad ag ràdh ri chéile, " Bidh i gàbhaidh air a' Chaillich an diugh," no " Bithidh mise marbh ma ruig sinn Colla," no " B' fheàrr leam nach d' fhàg mi an t-Oban," shealladh e suas air na neòil is ghlaodhadh e ris an sgiobair ann an guth a chluinneadh a h-uile duine a bha air bòrd, " Tha sibh a' dol a dh' fhaotainn deagh latha." An uair a chluinnteadh seana mharaiche ag ràdh ris an sgiobair gu robh a' ghaoth dol a thuiteam, no gu robh coltas maith a' tighinn air an latha, chuireadh sin misneach ann an daoine meata, is thogadh e an cridheachan.

Tha e daonnan ceàrr do dhuine am misneach no an dòchas a thoirt o dhaoine eile, agus gu sònruichte o dhaoine òga, le bhi 'g an deanamh amharusach no cùramach thar tomhais ; chan e duine glìce a tha anns an duine a ni e ged bhiodh e cho sean ri Noah. Tha cridheachan dhaoine òga blàth is earbsach is deòthasach ; tha iad air uairean an dùil gu bheil e na's fhasa duileadasan is aingidbeachd an t-saoghail a cheartachadh na tha e ann an da-rireadh, ach ma tha, cha mhór a' choire sin, agus cha dona an comharradh e, agus is leibideach an obair e do sheann daoine a bhi tilgeil chuinneagan misge orra 'g am fuarachadh.

Annas a' Choille Bheithe

ANNS na làithean so thatar glé ghaolach air a bhi gleidheadh cuimhne air Naoimh agus air daoine ainmeil eile ; tha a h-uile baile agus sgàreachd aig a bheil ceangal air chor-eigin ri Naoimh no ri duine ainmeil cho déidheil air spleadhraich a dheanamh uime 's nach 'eil a' bheag de chunnart ann gu'n dichuimhnichear neach air bith as airidh air là dha féin a thoirt da.

Ach tha aon duine ann air an do rinneadh dearmad, ged is mór a' chomain a chuir e air

ministearan gu sònruichte, Alasdair Cruden, a sgrìobh *Concordance* a' Bhiobuill. Ged nach bitheadh aobhar eile agam ach gu'm bu ghasda leam a bhi suas ris an Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., bu mhaith leam iomradh a dheanamh air Alasdair Cruden, ach tha aobhar as fheàrr na sin agam, oir chan 'eil latha de mo bheatha nach 'eil mi an eisiamail an duine so. Cò an duine eile a bha 'na Charaid mhinistearan mar bha Cruden ?

Tha mi 'g a sgrìobhadh so air a' cheud là de

November; sin an là a shiubhail e, anns a' bhliadhna 1770. Bha e 'na dhuine caomh agus 'n a sgoilear maith, ach bha sgaoth de sheill-eanan 'na bhoinead. Ach ma bha, cha robh gath anna; cha do rinn iad cron dha fhéin no do dhuine eile riamh. Ged bhiodh a dhòighean neònach a' toirt gaireachduinn air daoine, cha do lughdaich sin riamh am meas no an gaol a bha aca air, agus rud glé iongantach, cha do mhìll e a shaothair. Uair no dha b' fheudar cùram a ghabhail dheth agus a chur a steach.

Bha e car gaolach air laghaireachd, is car gaolach air a bhì mór, ach bha e laghach is ionraic eadhon anns an fhaoineis. Rinn e rud nach do rinn iomadh duine a b' fheàrr tàlantan na e, rinn e airgid air na leabhraichean a chuir e mach. Tha mi an dùil gur e reiceadair leabhraichean a bha ann fhéin.

Chosd e mórán d'a ùine agus d'a bheòshlàinte a sgrìobhadh agus a craobh-sgaoileadh *thractaidhean*, a bha e an dùil a dheanadh maith do dhaoine. Bha e eudmhor gu'm bitheadh là an Tighearna air a naomhachadh, is bhiodh e a' cur stad air daoine air an t-sràid, agus ag iarraidh orra dol dachaidh agus lagh Dhe a chumail. Ach ged bhiodh e a' cronachadh dhaoine cha ghabhadh iad diomb no fearg; bha a bhriathran mar ùbhlan òir ann am bascaid airgid.

Bha e an dùil gu'm bitheadh e 'n a mheadhon air barrachd maith a dheanamh na'n tugadh an rìgh tiotal dha, ach o nach do rinn an rìgh sin,

ghabh e tiotal dha fhéin, *Alasdair Smachdair*, no *Am Fear-cronachaidh*. Bha e cho mhaith ri ainm; bhiodh e a' cronachadh a h-uile duine a thachradh ris, gus mu dheireadh am biodh daoine a' teicheadh roimhe, gu sònruichte ma bha cabhag orra.

Ré a chuairt air thalamh rinn an duine gaolach so iomadh rud neònach, ach b'e an rud a bu neònaiche a rinn e air fad, an t-suirghe a rinn e air nighean bancair air an do ghabh e gaol. Ach cuiridh mo ghràdh do'n duine chaomh foluch air an naigheadh sin; cha do ghabh i e, is cha robh iongmhadh ann.

Bha spiorad an Tighearna 'n a chridhe a dh' aindeòin gach neònachas a bha 'na cheann, is bhiodh e a' dol do phrìosan a h-uile latha a shearmonachadh an t-soisgeil do na prìosanaich; bhiodh e a' toirt airgid mar dhuais do'n fheadhainn a bha e an dùil a bha dichìolach ann a bhì ag ionnsachadh teagasg na firinn. Ach bha cridheachan nam prìosanach air an cruadhachadh, is bhithheadh iad a cur an airgid a thug an duine ionraic dhaibh ann an deoch làidir.

Is leòr an t-urram e do dhuine air bith gu'm biodh ainm air a cheangal ri Facal an Tighearna gu bràth; tha an t-urram sin aig Alasdair Cruden, oir ge b'e àite anns am bi an soisgeul air a shearmonachadh aithrisear an ni a rinn e, mar chumhne air. Ann an rannsachadh, agus ann an tuigsinn nan sgrìobturann, chan 'eil fearcuideachaidh as fheàrr, a mach o'n Spiorad Naomh, na *Concordance*.

Aig an Uinneig

An t-Urramach Seumas Mac Ghille-naoimh,
M.A.

CHA robh duine d'am b'aithne Seumas Mac Ghille-naoimh, ministear Loch Carrann, aig nach robh meas is gaol air; an uair a chualas naigheadh a' bhàis ann an October bha ionndrainn is bròn ann an iomadh cridhe agus ann an iomadh àite an taobh a mach d'a choimhthional fhéin. Bha e urramach 'na nàdur cho mhaith ri bhì urramach 'na dhreuchd.

Cha robh a' bheag de còlas agam-sa air, ach chuir sinn seachad a' chuid a b' fheàrr de latha còmhla anns an Fhoghar so chaidh, is cha b' urrainn do dhuine a bhì fada an comunn Sheumais Mhic Ghille-naoimh gun a thuigsinn ciod an seòrsa duine a bha ann. Ged nach abrainn gu robh inntinn cho làidir no cho domhain aige 's a bha cuid de dhaoine ag ràdh, bha earras a b' fheàrr aige na inntinn làidir; cridhe a bha cho soilleir agus cho glan ris a' ghréin. O dh'fhalbh an t-Urramach D. T. MacAoidh cha b'aithne dhomh a mhac-samh

ail anns an eaglais; theagamh gu bheil tuilleadh de'n t-seòrsa so innte ach chan aithne dhòmh-sa iad; daoine nach robh coltach ri daoine eile 'n am pearsa, no 'n an coiseachd, no 'n an dòighean, no 'n an searmonachadh; dà Israelach anns nach robh gò no cealg, agus dà sheirbhiseach an Tighearna anns an robh cumhachd an Spioraid Naomh.

Ri mo cheud chumhne bha e anns an eaglais Shaoir an Aird-na-murchann, is bhithinn a' cluinntinn o mo mhàthair agus o sheann daoine mu na searmoin a bhiodh e a' toirt seachad aig amanna comanachaidh ann an Tiriodh, far am biodh e dol a chuideachadh Mghr Mhic Aoidh. An uair a choimnich sinn ann an Loch Carrann is e a' cheud fhacal a thubhairt e rium, "Is fhada o b' aithne dhòmh-sa thu, ged nach do choimnich sinn riamh gus a so, oir rinn mise *ùrnuigh an tigh t' athar, agus is blàth an ceangal sin eadar daoine*. Theòigh mo chridhe ris an duine chaomh anns a' mhìonaid sin féin.

An déidh dha Aird-na-murchann fhàgail bha e greis an Leòdhas; à Leòdhas chaidh e do

Loch Carrann, is latha no dhà m'an do shiubhail e, bha e air a chur gu h-aon-sgeulach os cionn an dà choimhthionail a chaidh còmhla. Ach cha do mheal e fada an t-urram a chuir an sluagh air.

Mar a thubhairt mi cheana anns an àireamh anns an robh mi a' bruidhinn air Mghr D. T. MacAoidh, tha an obair shòruichte a rinn e fhéin agus ministear Loch Carrann a' togail cheistean air am bu chòir do mhinistearan eile a bhì smuaineachadh, oir cha b'ann leis na gibhthean a bhuineas do ghnothuichean an t-saoghail, tàlant an intinn, is comas bruidhne, is déine, is òrdalachd 'nan obair, a rinn iad na nithean a rinn iad, ach le cumhachd an Spioraid Naomh a thug Dia dhaibh. Faodaidh tàlant is gibhthean a bhì aig duine a choisneadh cliù dha am Pàrlamaid, no dheanadh fortan dha aig marsantachd, ach chan 'eil gin de na gibhthean sin éifeachdach no buannachdail ann an seirbhis na h-eaglais. Ann an obair spioradail cha ghabh dad deanamh gun chumhachd an Spioraid Naomh, air chor agus gur e an tàlant as fheàrr as urrainn a bhì aig duine air son na ministrealachd, gu bheil an nàdur agus an cridhe aige anns an urrainn an Spiorad Naomh tuinneachadh. Tha gu leòir de dhaoine maith anns an t-saoghal anns nach 'eil cumhachd an Spioraid Naomh, daoine a tha cheart cho mhaith ris na daoine anns a bheil e. Ach cò is urrainn a ràdh car son nach 'eil Dia 'g a thoirt dhaibh? Sin òmhàireachd a bhuineas dha féin; tha a' ghaoth a' séideadh far an aill leatha. A h-uile uair a chuimhnicheas mi air an dà dhuine dhiadhaidh ud, D. T. MacAoidh agus Seumas Mac Ghille-naomh, tha na smuaintean so a' tighinn 'n am intinn, nach b'e dad a bhuineadh dhaibh féin a rinn an saothair cho tarbhach anns an t-soisgeul ach cumhachd an Spioraid Naomh. Fad am beatha uile ghlaidh iad cridhe an leinibh is neo-lochdas a' chalumain, agus bu choma leò ged bhiodh iad 'nam ball-amhaire do'n t-saoghal agus 'n an amadain air son Chrisd. Sin an t-aobhar gu robh an ainm beannaichte an cridheachan dhaoine aig a bheil gaol air an t-soisgeul.

Bha Seumas Mac Ghille-naomh 'n a shearmonaiche maith, anns an t-seadh gu robh brìgh is beathachadh 'na theagasc; bha e 'n a sgoilear maith cuideachd, mion-còlach air sgrìobhaidhean nan Aithrichean. Ach na b' fheàrr na sin uile, bha e 'na dhuine diadhaidh agus 'na fhìor dhuin-usal; usal 'na fhaireachduinn agus 'na nadur, is barraichte caomhail ri luchd na trioblaid.

An diugh agus an dé

Na'm bithinn a' gabhail an aiseig còmhla ri seanchaidh maith d' an aithne seann eachdraidh na Gàidhealtachd, agus gu sòruichte seann eachdraidh nan eileanan, chan 'eil àite a b'

fheàrr leam tachairt air na air an *Lochearn* air Caol Muile. Tha Caol Muile maiseach daonnan, cò dhiù a chithear e agus feath nan eun air aodann no chithear e agus fraochan geal air, ach cha b' ann air fairege no fonn a bhiodh m' aire na'n robh seanchaidh còmhla rium a bheireadh air seann ballachan Dhubhairt, is Aird-tòirnis, is Arois, is Mhiogaraidh labhairt. Sin agad far a bheil mòran de eachdraidh na h-Alba a' stad no a' tòiseachadh; na'm faiceadh tu aon sealladh air na daoine calma a bha uaireigin anns na lùchairtean sin, b' fhiach dhuith do léine a reic gus t' fharadh air an *Lochearn* a phàigheadh. An diugh is e na bàtaichean as trice a chithear air Caol Muile bàtaichean-iasgaich as an àird an Ear a' dol a mach gu Colla no gu Barraidh a dh' iarraidh sgadain, ach chan 'eil agad ach do shùilean a dhùnadh is smuaineachadh air na làithean anns an robh Aird-tòirnis is Dubhairt 'n an seusdar, agus chi thu an Caol a' tighinn beò le seòrsachan eile bhataichean; birlinnean Mhic Dhòmhnuaill nan Eileanan; birlinnean Chloinn Ghilleathain; is birlinnean Mhic Néill is mbaithen eile. Anns na làithean ud b' ann air Caol Muile a bhiodh na tighearnan a' sràideamachd, cò dhiù a b'e cogadh no sìth a bha air an aire. Leum thairis air na linntean is dùin do shùilean a rithist, agus chi thu seòrsa eile bhataichean 'n am ficheadean air Caol Muile, bataichean is sgoithean Tris-deach ag aiseag cruaidh á Uidhist agus as an Eilean Sgitheanach do'n Oban.

Anns na làithean ud air dà thaobh a' Chaoil bha toit ri fhaicinn as na ceudan tigh; chadon ann an làithean as dlùithe dhuinn, an uair a bha Tormod Mac Leòid 'na bhalach anns a' Mhorairne, bha gu leòir de thuath anns a' Mhorairne;

*Bhiodh a duanag aig gach guanaig,
Agus cuach aice 'na dòrn,*

* * *

*Ach cha chluinnear sin 'san àm so
Anns a' ghleann 's an robh mi òg.*

Ach tha a' Mhorairne an diugh fàs; chan 'eil ri fhaicinn a nis ach na làraichean far an d' àraicheadh an tuath sin, agus theagamh nach fhaicear na làraichean fhéin le fraoch is raineach. Chan 'eil uair a bhios mi air Caol Muile nach bi e a' cur iongmhadh mòr orm ciamar nach do leag Bòrd an Fhearainn riamh an suil air a' Mhorairne. Cìod air bith as aobhar dha chan e nach aithne dhaibh an t-àite; is tric a tha iad a' dol seachad air air an turusan lionmhor anns a' Ghàidhealtachd. Saoidh mis nach 'eil àite eile anns a' Ghàidhealtachd a b' fheàrr a fhreagradh air croitearan na slios na Morairne ri taobh Caol Muile, ach ged tha Bòrd an Fhearainn a' sìor shuidheachadh dhaoine air

croitean beaga creagach ann an eileanan iomallach, tha a' Mhorairne air dol fàs, gun tighean innte, gun daoine.

Sin an fhior aobhar gu bheil a' Ghàidhlig a' dol as; tha na daoine a bhruidhneadh i air

chall. An uair nach bi tuath air an fhearann, air neo a bhios iad cho tana air 's nach cluinn an dara fear am fear eile a' glaothach ris, cha ruigear a leas feuchainn ris a' Ghàidhlig a chumail beò.

Mìos deireannach na Bliadhna

Cuairt na Gealaich

A' cheud cheathramh, 4mh là

An solus làn, 13mh là

An ceathramh mu dheireadh, 20mh là

An solus ùr, 27mh là

“Oir bi àithne an rìgh mu'n timchioll gu'm biodh cuibhrionn àraidh air an son, a dh'fhlig fèin air gach là.”—NEHEMIAH, xi. 23.

- | | | | |
|-----------------|--|-----------------|--|
| 1. Di-ardaoin | Cha deanar ministear gun fhòghlum ach cha dean fòghlum ministear. | 18. Di-Dòmhaich | <i>Cia maiseach air na sléibh-tìbh casan an teachdair aoibhinn, a tha ag éigheach sìthe; teachdair an deagh sgeòil, a tha ag éigheach slàinte.</i> —Isaiah lii. 7. |
| 2. Di-haoine | An uair a bhios am pobull dall ni an gille cam ministear. | 19. Di-Luain | Is duilich rath a chur air duine dona. |
| 3. Di-Sathuirn | Chan uaisle duine na chuid-eachd. | 20. Di-Màirt | Am fear d'an dàn a' chroich, cha téid gu bràth a bhàthadh. |
| 4. Di-Dòmhaich | <i>Amhaircibh suas, agus to-gaibh bhur cinn, oir tha bhur saorsa am fagus.</i> —Lucas xxi. 28. | 21. Di-ciadaoin | Cha robh brù mhór riamh 'na seise mhaith. |
| 5. Di-Luain | Coinnichidh coibhneas do mhàthar thu an uair nach coimich i fhéin thu. | 22. Di-ardaoin | Is e an suidhe docharach 's an tigh-òsda as fheàrr. |
| 6. Di-Màirt | Is sona gach cuid an comaidh. | 23. Di-haoine | Chan fhiach cuirm gun a còmhradh. |
| 7. Di-ciadaoin | Ach coma leam common nam meirleach. | 24. Di-Sathuirn | Am fear nach dean an Nollaig sunndach, ni e Chàisg gu tursach deurach. |
| 8. Di-ardaoin | Ma phòg thu mac a' mheirlich cumt t' fhiacilan. | 25. Di-Dòmhaich | <i>Rugadh dhuibh an diugh Slànuighear, ann am baile Dhaibhidh, neach as e Crìosd an Tighearna.</i> —Lucas ii. 11. |
| 9. Di-haoine | Théid an dùthchas an aghaidh nan creag. | 26. Di-Luain | Is sàmhach an obair dol a dholaidh. |
| 10. Di-Sathuirn | Thoir bean á ifreann is bheir i rithist ann thu. | 27. Di-Màirt | Beagan cadail, beagan pasgaidh nan làmh gu cadal, an sin thig do bhochdainn mar fhear-siubhail, agus d'uir easbhuidh mar dhuine fo armaibh. |
| 11. Di-Dòmhaich | <i>Abraibh ri nighean Shìoin, feuch tha do Shlànuighear a' teachd.</i> —Isaiah lxii. 11. | 28. Di-ciadaoin | Am fear nach gabh an uair a gheibh chan fhaigh e an uair is àill. |
| 12. Di-Luain | Is blàth eridhe màthar. | 29. Di-ardaoin | Am fear nach teagaisg Dia cha teagaisg duine. |
| 13. Di-Màirt | Is iomadh cron a bhios air leanabh gun màthair. | 30. Di-haoine | B' iad uile làithean Mhet-usaleh naoi ceud trì fichead agus naoi bliadhna, agus fhuair e bàs. |
| 14. Di-ciadaoin | AN ceòl as binne, “Tiugainn dachaidh.” | 31. Di-Sathuirn | Teirgidh gach ni air thaladh, ach mairidh Dia. |
| 15. Di-ardaoin | Is dùid fear na h-eisimeil. | | |
| 16. Di-haoine | Ma mharbhas tu beathach Di-haoine, bithidh ruith na h-Aoine ort am feasd. | | |
| 17. Di-Sathuirn | Ma's breug bhuam e is breug thugam e. | | |



Fàilte na Bliadhna ùire

“Gràs duibh agus sìth o Dhia ar n-Athair, agus o’n Tighearna Iosa Crìosd. Tha sinn a’ toirt buidheachais do Dhia a ghnàth air bhur son-sa uile, d’ toirt ionraidh oirbh ann ar n-ùrnuighibh; a’ cumhneachadh gun sgur obair bhur creidimh, agus saothair bhur gràidh, agus faighidinn bhur dòchais ’n ar Tighearna Iosa Crìosd, am fànuis Dhe agus ar n-Athar.”—I TESAL. i. 1-3.

SO an fhàilte leis a bheil uile litrichean Phoil agus tòiseachadh, agus da-rìreadh cha b’ urrainn e guidhe a b’ fheàrr a dheanamh as leth a chàirdean na gu’m biodh gràs Dhe maille riu, agus sìth Dhe ’n an cridhe.

Tha am facal gràs ’na fhacal cho saoiubhir agus cho farsuing ’s nach ’eil e furasd innseadh am beagan fhacal ciod a tha e a’ ciallachadh. Tha e a’ ciallachadh na h-uiread de nithean anns an Tiomnadh Nuadh, ach faodar a ràdh gu’n gabh iad sin uile cur fo na trì cinn so,

- (1) *Coibhneas is deagh-ghean Dhe do chlann nan daoine.*
- (2) *Na tìodhlacan a tha sruthadh o’n choibhneas sin, gu sònruichte tìodhlac a mhic, anns an do nochd Dia gu soilleir a dheagh-ghean do’n t-saoghal.*
- (3) *Toradh nan tìodhlacan sin ann an cridheachan agus ann am beatha nan daoine a ghabh riu.*

Tha na nithean sin uile ceangailte r’a chèile, air chor agus gu’m faodar a ràdh gu bheil Pol, ann a bhi guidhe gràs no deagh-ghean Dhe d’a chàirdean, a’ guidhe mar an ceudna gu’n oibrich-eadh sin anna gach deagh bheus agus maise na naomhachd. Tha ’n uirnuigh an abstoil, ma ta, anabarrach farsuing, oir tha an guidhe, *gràs duibh agus sìth o Dhia a’ gabhail a steach uile obair shlàinteil Dhe anns an anam.* Is e Dia tobar na beatha agus na slàinte, agus is ann o ghràs Dhe a tha beatha is slàinte a’ tighinn thugainne.

Agus sìth o Dhia ar n-Athair. Tha an t-abstol a’ cur gràis air thoiseach air sìth, oir is ann o ghràs Dhe a tha sìth a’ sruthadh a steach do chridheachan nan creidimh. Is e iadsan a mhàin aig a bheil fiosrachadh pearsona air gràs Dhe a shealbhaicheas an t-sìth bheann-aichte so air a bheil Pol a’ bruidhinn. Tha am facal, *sìth Dhe*, air a chleachdadh anns an Tiomnadh Nuadh ann an dà dhòigh; tha e a’ ciallachadh dà rud. Tha e a’ ciallachadh (1) réite ri Dia, no an t-sìth a tha leantuinn maith-eanas peacaidh, agus (2) an fhois cridhe sin am measg buairesan an t-saoghail a tha daonnan aca-san a dh’ fhanas ann an co-chomunn Dhe gu dlùth.

Sìth, lànachd sìth, is bròn mar thuiltean àrd?
Tha sìth do-labhairt ann am fàsghadh Creag nan Al.

Sin an t-sìth a bha air aire Phoil an uair a ghuidh e, *Gràs duibh agus sìth o Dhia ar n-Athair*; an t-sìth m’ an do labhair Crìosd an uair a thubhairt e, Na bitheadh bhur cridhe fo thrioblaid; tha sibh a’ creidsinn ann an Dia. Ma tha daoine a’ creidsinn da-rìreadh ann an Dia, agus ann an gràs Dhe, bu chòir dhaibh cridheachan foisneachail a bhi aca.

Faodaidh an t-sìth so a bhi ann an cridhe duine ged bhiodh a bheatha buairesach is doilghiosach o’n taobh a muigh, ma tha anam a’ tionndadh ri Dia mar thionndaidheas am flùr ris a’ ghréin. “Gleidhidh tu esan ann an sìth iomlan aig a bheil inntinn suidhichte ort” (Isaiah xxvi. 3).

* * * * *

An déidh dha an fhàilte ud a chur orra, agus na beannachdan ud a ghuidhe dhaibh, tha Pol a’ toirt buidheachais do Dhia air an son. Bha e ’n a chleachdadh aig Pol sin a dheanamh; bha e ’n a chleachdadh aige buidheachas a thoirt do Dhia air son rud maith air bith a bha e a’ faicinn no a’ cluinntinn anns na h-eaglaisean a bha air a chùram. Is e an aon litir anns nach do rinn e sin, an litir a sgrìobh e gu eaglais Ghalatia, agus theagamh gur e an t-aobhar, gu robh diomb air ri creidimhich na h-eaglais sin aig an àm, agus nach bu mhaith leis buidheachas a thoirt do Dhia air son dhaoine nach do thoill am moladh, daoine nach d’ fhan seasmhach air na bunaitean a theagaisgeadh dhaibh. Ghabh iad ri soisgeul eile seach an soisgeul a shearmonaich e féin dhaibh, air chor agus nach b’ urrainn e gu h-onorach buidheachas a thoirt do Dhia air an son.

Ach lean eaglais Thesalonica ris an teagasg fhallan a thug e dhaibh, is bha am beatha a réir an aidmheil, agus mar sin thug Pol buidheachas do Dhia air son an creidimh, an gràidh, agus an dòchais. Ann an dìthis eile d’a litrichean (*Colos. agus 1 Corint.*) tha e ag ainmeachadh nan trì gràsan so còmhla, is eadhon an uair nach ’eil e ’g an ainmeachadh air an ceann, tha an smuain ’n a inntinn, gur e *creideamh*, agus *gràdh*, agus *dòchas*, fìor chomharraidhean na beatha dhiadhaidh.

Ach is ann air son an toraidh a bha leantuinn an creidimh, agus an gràidh, agus an dòchais, a thug Pol buidheachas. Bha gach gràs a dh’

ainmich e a' toirt a mach a thoraidh sònruichte féin ann am beatha na h-eaglais :

Toradh an creidimh, *obair*
Toradh an gràidh, *saothair*
Toradh an dòchais, *faighidinn*.

Obair bhur creidimh. Bidh mòran dhaoine a' faotainn coire do Phol a chionn gu bheil iad an dùil gu'n do chuir e tuilleadh 's a chòir de chudthrom air ereideamh anns a' bheatha dhiadhaidh, agus naeh do chuir e gu leòir de chudthrom air oibrichean maith, no deagh dheanadas. Aeh bha Pol cho cinnteach gu'n toir fìor chreideamh a mach a thoradh dligeach 's nach b' fhiach dha ùine a chosd a' teagasg rud a bha soilleir do'n h-uile duine tùrail. Cha robh e cho amaideach agus gu'n tugadh e géill do dhaoine a theireadh ris gu robh ereideamh aca, mur robh toradh a' chreidimh 'n am beatha.

Saothair bhur gràidh. Tha am facal saothair, an dà chuid anns a' Ghréigis agus anns a' Ghàidhlig, na's làidire na'm facal, obair. Tha e a' eiallachadh obair, agus rud-eigin a bharrachd; obair a tha dòruinneach, no oidhirp a tha sgitheil. Faodaidh obair a bhi taitneach is furasda dhàsan a tha 'g a deanamh, ach tha sàrachadh is sgiths a' dol an cois saothrach, air chor agus nach gabh neach saothair air son dhaoine eile mur bi gràdh aige dhaibh. Sin a thug air Pol a ràdh gur e *saothair* toradh a ghràidh, oir cha bhuaicheadh duine féineil ann an saothair air sgàth a bhràithrean mar a bha eaglais Thesalonica a' deanamh air sgàth muinntir Mhaecdonia agus Achaia uile. *Tha gràdh Chrìosd 'g am cho-éigneachadh*, sin a' chumhachd a tha làidir gu leòr gu bhi toirt air daoine a bhi saothrachadh gun sgur an seirbhis Dhe agus an seirbhis am bràithrean.

Faighidinn bhur dòchais. Chan ann anns an t-seadh anns am bi sinne a' cleachdadh nam briathran sin a tha Pol 'g an cleachdadh. Tha e a' eiallachadh le dòchas, dòchas ri teachd Chrìosd ris an robh dùil aige an ùine gheàrr, agus le faighidinn tha e a' eiallachadh an deagh mhisneach a tha aca-san aig a bheil an dòchas sin. Cha robh fois shaoghalta aig na Crìos-

duidhean an eaglais Thesalonica; bha iad a' fulang geur-leanmhuinn is ana-cainnt o'n t-saoghal, ach dh' oibrich an dòchas a bha aca ri teachd an Tighearna faighidinn anna, is lean iad air an aghaidh gu misneachail a chionn gu robh iad a' feitheamh r'a theachd.

Seadh, Amen, gach uile chliù dhuit,
Air do chathair-rìoghail shuas!
Gabh, a Shlànuighear, do chumhachd,
Glac an rìoghachd mar do dhuais;
Thig gun mhaile!
Dhia neo-chrìochnaich, thig a nuas!

Sin ùrnuigh is dòchas na h-eaglais; is e a theachd-san an dòchas cinnteach a tha aice anns an t-saoghal so. Air uairean tha an dòchas so a' fàs fann, agus anns na làithean sin tha an eaglais gun chli gun mhisneach, ach air uairean eile thig e beò as ùr, mar gu'm faiceadh tu teine air a shéideadh le anail na gaoithe. Agus an uair a thig e beò, sìor-mheudaicheadh an eaglais le faighidinn ann an obair an Tighearna, oir tha fhios aice nach bi a saothair diomhain. Dòchas ri teachd an Tighearna, sin agad òran na h-uisgeig an cridhe na h-eaglais.

* * * * *

Aig toiseach na bliadhna chan urrainn sinn fàilte as freagarraiche a chur air ar luchd-leughaidh na'n fhàilte so, Gràs dhuibh agus sith o Dhia ar n-Athair agus o'n Tighearna Iosa Crìosd. Thug Dia dhuinn sgeul aoibhneach agus deagh dòchas ann an soisgeul a mhic, agus aig toiseach na bliadhna tha Dia agus ar coguis féin ag iarraidh oirnn greim a dheanamh air an dòchas a chuireadh romhainn anns an t-soisgeul.

B' àbhaist do'n duine chaomh, Rabbi Duncan, a bha teagasg Eabhra an Collaist na h-eaglais Shaoir an Dùn-éideann, an uair a choinnicheadh e na h-oileanaich òga an déidh na bliadhna ùire, an àite bliadhna mhaith ùr a ghuidhe dhaibh, a ràdh riu, *siorruidheachd shona dhuibh*. Is maith iad le chèile, agus tha iad le chèile air an gealltuinn do'n duine dhiadhaidh, oir tha gealladh na beatha a tha làthair agus na beatha a tha ri teachd aige.

Annas a' Chathair

MADUINN an dé, leis an aon phosta, thàinig dà leabhar thugam; leabhar a bha air a sgrìobhadh mu Shoocrates leis an Ard Ollamh, A. E. Taylor, an Oil-thigh Dhùn-éideann, agus leabhar a bha air a sgrìobhadh mu'n Urramach Niall Camshron nach maireann, a bha 'n a mhinistear aig an eaglais Shaoir Chléireachail an Glaschu. Mu'n do shiubhail e thòisich Mghr Camshron air eachdraidh a bheatha féin a sgrìobhadh, ach gu mì-fhortanach thàinig a'

chrìoch air m' an deachaidh e fada air aghaidh, ach tha na sgrìobh e air a chur sìos anns an leabhar so, agus an còrr air innseadh leis an Urramach D. Beutonaicn, ministear na h-eaglais Shaoir Chléireachail anns an Oban. A thuill-eall air cunntas air béatha Mghr Camshron, gheibhear anns an leabhar so pasgan maith de nithean a sgrìobh e; searmoin (an Gàidhlig agus am Beurla); òraidean; litrichean; is seanchas mu dhaoine sònruichte a b' aithne dha.

Bu mhaith leam a ràdh air an duilleig so gu bheil mise co dhùh, is theagamh mòran dhaoine eile an eaglais na h-Alba, an comain an Urramaich D. Beutonach air son nan leabhraichean eile a chuir e a mach mu sheann diadhairean na Gàidhealtachd, agus air son an dichill leis an do chruinnich e criomair d' an teagasg. Tha e a' cumail cuimhne air saoghal a tha dol as mar sgeul a dh' innsar.

Chaochail Socrates ceithir cheud bliadhna mu'n do rugadh Crìosd, is chaochail Niall Camshron anns an earrach so chaidh, ach an àite a bhì còrr is dà mhìle bliadhna na's fhaide bhuainn, tha Socrates an diugh fada fada na's dlùithe do shaoghal nam beò na bha Niall Camshron. Na'n tigeadh Socrates air ais do Oil-thigh Ghlaschu, no do Oil-thigh Dhùn-éideann, chluinneadh e an luchd-teagaisg agus na h-oileanaich òga a' deasbud air na ceart chuspairean air am bitheadh e fhéin a' labhairt ri òigridh na Gréige, agus leumadh a chridhe le toileachas, toileachas gu robh iugh aca ann a bhì rannsachadh le solus an inntinn mu thimchioll gach ni air nèamh agus air an talamh; ach tha mi an dùil nach bitheadh tlachd air bith aig Niall Camshron ann an deasbud nam feallsanach, agus gu'm biodh amharus aige gu robh iad uile air an t-slighe gu truaighe shiorruidh.

Seana cheist is ceist ùr

Tha an dà leabhar so a' togail iomadh ceist, ceistean a tha cho sean ris na cnuic ach a tha daonnan ùr, agus tha iad a' togail na ceiste so gu sònruichte, cò dhiubh is fheàrr do dhuine an seòrsa inntinn a bha aig Socrates a bhì aige no an seòrsa inntinn a bha aig Niall Camshron. A thaobh eanchainn bha uiread mughaidh eadar an dithis 's a tha eadar òr agus umha, ach chan e sin idir a tha mi ciallachadh. Is e a' cheist, cò dhiubh is fheàrr do dhuine a bhì cho iriosal agus cho neo-chinnteach a thaobh a bhreithneachaidh féin 's a bha Socrates, no bhì cho cinnteach as féin 's a bha Niall Camshron. Cha robh Socrates a' gabhail air féin gu robh freagairt aige do cheistean dìomhair nach robh aig daoine eile, agus cha mhò a ghabhadh e air féin a ràdh gu robh esan ceart agus an saoghal uile ceàrr. Ach cha robh dad de'n iriosalachd inntinn sin (no ma thogras tu, udalanachd inntinn) ann am Mghr Camshron; theireadh e gu luath agus gu làidir gu robh esan ceart agus an saoghal uile ceàrr.

A' cheud bhliadhna a chaidh e do Chollaiste Dhùn-éideann, agus gun a bheag de sgoil aige aig an àm (bha e dhà dheug air fhichead agus air a' chiobaireachd fhàgail) bha e cho cinnteach as féin agus gu'n do thog e a ghuth an aghaidh an teagaisg a bha an t-Ard Ollamh Alasdair Caimbeul Friseal a' toirt dhaibh ann an *Logic*, ag ràdh gu robh e an aghaidh na Firinn. Sin

agaibh misneach; ged theagamh gu'n abair cuid agaibh gur e rud-eigin eile a bha ann air nach cuir mise ainm. B'e an fhreagairt a thug an seann sgoilear ainmeil ud dha, "Faodaidh an duine òg aig a bheil na beachdan so an Collaist fhàgail a dh' aon ruith, oir chan fhaigh e buannachd o'n teagasg a gheibh e ann."

Eaglaisean Dhùn-éideann

Theab nach b' urrainn e eaglais fhaotainn ann am baile mór Dhùn-éideann anns an suidheadh e le saorsa; bha rud-eigin ceàrr orra uile. Mur robh an teagasg ceàrr, bha laoidhean air an seinn; no bha òrgan anna; air neo cha robh daoine iompaichte anna. Fad na h-ùine bha e a' cumail a shiula air Rainy agus air Dods, is amharus aige gu robh iad a' cur na h-Eaglais Shaoir air seachnan le comhairle shuidhichte. Ged nach robh Eabhra no Greigis aige (ach prabadh beag nach fhiaich ainmeachadh) chuir eadh e ceart (no gheibheabh e ceàrr) sgoilearan a chuir seachad am beatha a' rannsachadh na Firinn. Cò air bith a bha ceàrr bha esan daonnan ceart. Sin an seòrsa inntinn a bha aig an Urramach Niall Camshron.

Lagh is Smachd

Ged nach bu mhaith leam-sa an inntinn so a bhì agam fhéin, agus ged nach 'eil mi a' creidsinn gu bheil buintealas air bith aice ris a' ghliocas a ta o shuas, no ri Spiorad naomh is caomh na firinn, a tha ag oibreachadh gu ciùnn mar an solus, bithidh air uairean seòrsa de fharmad agam ris na daoine aig a bheil i (tha gu leòir dhiubh anns an t-saoghal, agus cuid dhiubh anns an eaglais againn fhéin) oir tha iad air an saoradh o'n iom-chomhairle anns am bi m' inntinn-sa gu tric, agus is urrainn dhaibh an lagh a leagail sìos do dhaoine eile, agus smachd a chumail orra an dòigh nach urrainn mise a dheanamh. Ach ged bhios na smuaintean sin air uairean a' tighinn 'n am chridhe, agus am farmad so ri daoine nach d' fhairich agus nach do shaoil riamh gu'm faodadh iad féin a bhì ceàrr, *an uair a thig mi thugam féin* is fheàrr leam a bhì mar tha mi; leigeil le Niall Camshron agus a leithidean an rathad fhéin a ghabhail ann an sith, *ach gun an leantuinn*.

Bha an t-Urramach Niall Camshron 'n a mhinistear dileas agus 'n a dhuine diadhaidh; bha e fo chumhachd an t-saoghail neo-fhaicsinnich ged nach abrainn gu robh e fo chumhachd inntinn Chrìosd; rinn e obair mhór an Glaschu is chum e coimhthionail mór cruinn agus umhail dha, agus rinn e sin a chionn nach leigeadh le leò dòighean no beachdan a bhì aca ach na dòighean agus na beachdan a bha aige féin, agus a chionn gu'n do chleachd e gu cruaidh agus gu làidir smachd eaglais. Mur dean thu toil a' Phàpa fàg an Ròimh.

Mar thubhairt mi cheana tha rud ri ràdh as leth na h-inntinn so, ach tha fada fada barrachd ri ràdh 'n a h-aghaidh, is tha mise an dòchas nach fhaigh i gu bràth làmh-an-uachdar oirn ann an Eaglais na h-Alba. Is priseil an rud saorsa ; saorsa inntinn, is saorsa coguis, is saorsa faacail ; saorsa o eagal ministir no sagairt. Thug Dia eanchainn agus coguis do mhac an duine a chum gu'n cleachdadh e iad, is cha ruig rìgh no Pàpa a leas feuchainn ri thoirmeasg do dhaoine an inntinnean a chleachdadh agus solus an inntinnean a leantuinn far an treòraich e iad. A h-uile adhartas a thàinig air an t-saoghal riamh thàinig e troimh shaorsa inntinn mhic an duine, agus sin a' cheart choinneal a shoillsicheas fhathast an dorchadas a tha mu'n cuairt oirn. Duine air bith a dh' fheuchas ri buarach no ceangal a chur air inntinn mhic an duine, tha e mar gu'm feuchadh e ris a' Chuan Shiar a chumail air ais.

Smachd eaglais

A thaobh agus nach ann ri leanaban a tha mi bruidhinn cha ruig mi leas iarraidh oirbh gun mo thogail ceàrr, no a shaoilsinn gu bheil mi a' cur smachd eaglais an suarachas, far a bheil smachd feumail ; no idir idir gu bheil mi a' cur riaghailt creidimh is teagaisg an suarachas, no ùghdarras nan Sgriobtur. Chan 'eil idir ; ach feumaidh eadhon smachd eaglais a bhi air a chleachdadh le naise is faighidinn is irioslachd Chrìosd, agus a thaobh ùghdarras nan Sgriobtur, tha an t-ùghdarras sin annta, chan ann a chionn gu'n dubhairt fàidh, no sagart, no diadhair, no eadhon abstol, gu bheil iad air an deachdadh leis an Spiorad Naomh, ach a chionn gu bheil iad a' labhairt le cumhachd ri cridhe

is coguis an duine ; a chionn gu bheil Spiorad Dhe a' labhairt annta.

Bha e 'n a chleachdadh aige, air là na bliadhna ùire daonna, teagasg a thoirt d'a choimhthional mu phrionnsipalan na h-eaglais ; tha dithis de na h-òraidean móra làidir sin air an cur sios anns an leabhar so, ach ciod air bith na smuaintean a dhùisgeas iad an inntinnean dhaoine eile, is e an smuain a dhùisg iad ann am inntinn-sa, gu'm bu mhaith leam rud-eigin eile a chluinntinn ann an tìgh an Tighearna air là na bliadhna ùire seach an seanchas tioram connsoidheach so ; facal a bu bhlàithe agus a bu shoisgeulaiche agus a bu fhreagarraiche do dhaoine lag is peacach a' dol an coinneamh ceum eile d' am beatha.

An gliocas o shuas

Bha Niall Camshron 'n a dhuine diadhaidh ; bha ùghdarras na sagartachd 'n a choslas agus 'n a theagasg agus 'n a ghiùlan, ach chan abrainn gu robh e 'n a mhinistear soisgeulach, no gu robh comharraidhean no dreach na h-inntinn a bha ann an Crìosd air an inntinn aige. Tha e maith do'n h-uile eaglais a leithidean a bhi annta, ach cha bhithheadh e maith do eaglais air bith *gun ach a leithidean uile a bhi innte*. Bu chòir do'n eaglais daonna feuchainn ri bhi cho farsuing agus cho faighidinneach ri Crìosd féin, a' toirt an saorsa do dhaoine a thaobh nithean anns a bheil inntinn mhic an duine ag iarraidh saorsa. Agus is maith an rud e ann an duine diadhaidh *gu bheil e furasda cur suas leis*. Tha mi an dùil gur e sin a bha an t-abstol Seumas a' ciallachadh an uair a thubhairt e gu bheil an gliocas a tha o'n àirde sìochail, ciùin, agus *sochomhairleachaidh*.

Annas a' Choille Bheithe

(Na seann Naomh agus na h-Aithrichean)

UAIR-EIGIN de'n t-saoghal, an uair a' chluinninn no a leughainn gu'n dubhairt an seann Naomh ud, no an seann Athair ud, sid no so, nithean air nach robh dreach na fìrinn a réir mo thuigse féin, bhithheadh eagal orm cur 'n an aghaidh, oir bha mi a' faireachduinn gu robh e ladarna no eadhon toibheumach do dhuine mar tha mi féin solus mo reusoin a leantuinn an aghaidh fianuis nan Naomh agus nan Aithrichean ann an cùis air bith. Sin an teagasg a fhuair mi am òige, agus gus an robh mi trì bliadhna fichead a dh' aois, bha greim làidir aige air m' inntinn, greim cho làidir agus na'n abradh duine rium gu robh am beachd so aig an Naomh Ierome, no aig an Naomh Màrtainn, no aig Clann Mhic Leòid na Morairne, no aig Aithrichean na h-eaglais Shaoir, chuireadh sin a' cheist an dara taobh, agus crìoch air connsachadh.

Ach dh' fhalbh an là sin, agus is e an dòigh anns an d'fhuair mi mo shaorsa, agus an sonas agus a' mhìneach a tha daonna a' leantuinn saorsa, gu'n do thòisich mi air leughadh mu na seann Naomh agus na seann Aithrichean ; a cheart cho luath 's a thòisich mi air sin a dheanamh, chunnaic mi nach robh annta ach daoine air bheag eòlais coltach rium féin, agus nach b' urrainn daibh dearbhadh air bith a thoirt dhomh gu'n dubhairt Dia na thubhairt iadsan, a thaobh iomadh rud a bha iad ag ràdh 'n a ainm. Chan e mhàin sin, ach chunnaic mi nach b' urrainn dhaibh a bhi ceart ann an iomadh rud a chionn nach b' e solus an reusoin féin a bha iad a' leantuinn ach teine-sionnachain air chor-eigin eile, agus nach robh an t-eòlas aca a dh' fheumadh a bhi aig duine m' an t-eagadh e breith chothromach anns na cùisean ris an robh iad a' buntainn.

A' choinneal phriseil

Theagamh gu'n saoil cuid gu bheil so dalma dhomh a ràdh, ach ma shaoileas, chan 'eil mi 'ga chiallachadh mar sin ; faodaidh gu bheil mi 'ga chur car maol, ach chan ann an spiorad na dalmachd a tha mi 'ga ràdh, is chan abrainn idir e mur b'e gu bheil fhios agam gu bheil mòran dhaoine eile fo'n cheart chuing fo'n robh mise ann an làithean m' òige, agus gu'm bu mhaith leam a' chomhairle so a thoirt orra, saorsa inntinn is coguis a ghabhail dhaibh féin o thùs an dòiseachaidh, agus solus an reusoin a leantuinn. Mar is sine tha mi a' fàs, is ann is eintiche mi gur e solus a reusoin féin a' choinneal as fheàrr (a mach o'n Spiorad Naomh 'n a choguis) as urrainn mac an duine a leantuinn, ann an cùis air bith anns an t-saoghal so. Ach tha eagal air mòran dhaoine roimh eòlas agus roimh sholus ùr mar gu'm b'e naimhdean do Dhia no do'n Fhìrinn a bha anna, agus is fheàrr leò taiceachadh air rud-eigin a thubhairt Rabbi Natan, no an Naomh Ambrose, no Maighstir Lachlainn, ged nach 'eil tìr no toinnisg ann. Is fheàrr leò an fhianuis a gheibh iad le éis-deachd na cluaise 'n an fhianuis a gheibh iad 'n an inntinn agus 'n an cridhe féin.

Cò iad na Naomh .

'Nar cluasan-ne agus 'n ar sùilean-ne tha am facal *Naomh* (gu sònruichte an uair a chuireas sinn *N* mhór aig a thoiseach) cho buadhmhach agus nach bu mhaith leinn a ghabhail oirn nach bu chòir dhuinn eisempleir Naomh a leantuinn. Ach bha gu leòir de na Naomh sin a' cur seachad am beatha ann an dòigh nach 'eil e furasda fhaicinn cia mar a ghabhadh Dia tlachd anna. Ged theirear Naomh riu, agus ged fhuair iad an t-ainm sin an eachdraidh na h-eaglais, chan 'eil sin a' ciallachadh gu robh iad 'n an daoine *naomh* no *maith*. Chan 'eil idir; chan 'eil e ach a' ciallachadh gu'm b' ann do'n eaglais Chrisduidh a bhuneadh iad, agus glé thric cha robh anna ach daoine beaga anns gach seadh, daoine a bha fada fada air dheireadh ann an eòlas agus ann an tuigse spioradail air buill na h-eaglais anns a' Ghàidhealtachd an diugh.

Tha Naomh agus Naomh ann ; cunntar am measg nan Naomh Augustine, agus Calumcille, agus Cliamain ; daoine d'an dligher urram is ùmhlachd, chan ann a chionn gu bheil iad air an àireamh am measg nan Naomh a bhithear a litreachadh an ammean le *N* mhór, ach a chionn gu'm bu daoine cumhachdach iad gu nàdurra, daoine aig an robh solus reusoin a bu ghloine agus a bu làidire na bha aig daoine eile. Ach cunntar am measg nan Naomh cuideachd, Serapion, is Antony, is Pachomius, is Ammon, agus an seòrsa sin ; daoine aig nach robh a' bheag de sgoil no de thuigse nàdurra, air chor agus nach 'eil reuson air bith gu'n tugteadh barrachd géill d' am briathran no d' an cleach-

daidhean na bheirear do mbinistear an Cléir Mhuile no an Cléir Dhùn-Chaillinn. Theagamh gu'n saoil cuid de dhaoine gu bheil cudthrom ann am facal an Naomh Ammon nach 'eil ann am facal an Urramaich Niall Mac Phàrlain, B.D., ach b' fheàrr leam-sa fada fada cian am fear a tha làthair seach am fear nach maireann.

Cha do nìgh an Naomh Ammon e féin fad bhliadhnachan, is tha e air a ràdh nach fhaca e e féin riamh rùisgte ; bha e an dùil mar bu shaillecha a bhiodh a chorp gur ann a bu ghlaine a bhithheadh anam. An oidhche a phòs e, b'e a' cheud rud a rinn e òraid mhór fhada a liubhairt d'a mhnaoi mu na h-uile a tha an ceangal ri staid a' phòsaidh. Is e a thàinig as an òraid gu'n do dhealaich iad an oidhche sin féin. Ciod eile a dheanadh boiriomach air bith anns an robh sprachd ? Agus a dh'aindeoin gu robh *N*. mhór an ainm an Naomh cha robh smod tìr ann.

An uair a bha e òg chan ionnsaichadh an Naomh Antony leughadh a chionn gu'm mill-eachd sin a naomhachd agus gu'n tugadh e steach e do chomunn sgoilearan eile. Bha e 'na sheann duine m' an d'fhuiling e a chasan a bhi air an nigheadh ; bha salchar trì fichead bliadhna orra. Gus faotainn air falbh o pheacadh an t-saoghail theich e do'n fhàsach, ach an ùine ghoirid thàinig e air ais, ag ràdh gu robh buairidhean a' bhaile dona gu leòr ach gu robh buairidhean an fhàsaich seachd uairean na bu mhiosa.

Seann tìotal

Feumar a chuimhneachadh nach 'eil anns an fhacal Naomh ach tìotal ; nach 'eil e a' ciallachadh gu robh na daoine a fhuair an t-ainm daonnan 'n an daoine naomh, no 'n an daoine glic, no 'n an daoine ionnsaichte ; na trì nithean a tha toirt ùghdarras do fhacal no do bheachd duine. Cha robh anns an tìotal Naomh ach seòrsa de D.D. a b'abhaist a bhi air a thoirt do dhaoine sònruichte anns an eaglais anns na seann làithean, agus mar tha tachairt anns na làithean so féin, chan 'eil an tìotal a' ciallachadh gu bheil an fheadhainn aig a bheil e air thoiseach air gu leòir aig nach 'eil e, an eòlas no an gliocas no an naomhachd. Ach mar thubhairt mi cheana, sin na nithean anns a bheil ùghdarras spioradail a' laighe ; eòlas, gliocas, naomhachd. Tha eadhon aon dhiubh cumhachdach, ach ma tha an trì a' coinneachadh ann an aon duine, cò air bith e ; no c' àite air bith as an tàinig e ; co dhiùbh a tha ann Iudhach, no Greugach, no Leòdhasach ; co dhiubh a tha ann Pròstanach no Papanach no Hindhach, cuir dhiot do bhoinneid agus éisd ris le ro-aire agus le irioslachd, agus soillsichidh sin do reuson agus do choguis. Ach air a' cheann mu dheireadh is e solus do reusoin agus do choguis féin do choinneal.

Léanabantachd Nan Naomh

Bho chionn dheich bliadhna fichead tha mise a' leughadh gu maith dichiollach (agus gun sgiths) mu na Naomh agus mu na h-Aithrichean; dhioghlum mi iomadh rud maith agus iomadh rud neònach cuideachd as na h-achaidhean sin; ach is e so aon rud a dh' fhaodas mi a ràdh air an duilleig so, an uair a thòisicheas tu air eachdraidh nan Naomh a leughadh, agus na naigheachdan a tha air an innseadh umpa, tha thu dol a steach do shaoghal nach 'eil coltach ris an t-saoghal as aithne dhuinn an diugh; saoghal a tha purraich air tharraich; saoghal leanabail anns a bheil daoine, is beathaichean, is còin, is eadhon Dia féin, a' dol air an aghaidh ann an dòigh nach fhaca thu riamh a leithid. An uair a théid thu steach de'n t-saoghal sin feumaidh tu do choinneal féin a bhi daonnan laiste.

Ged nach robh na Naomh a' ciallachadh a bhi ag innseadh bhreug, bha iad a' creidsinn agus ag innseadh mar fhìrinn (agus Dia mar urrainn aca)

nithean air nach robh dreach na fìrinn. Ciamar a bhitheadh cùisean air atharrachadh, oir cha robh iad ach mar phàisdean a thaobh an eòlais air obair a' chruthachaidh, agus a thaobh an tuigse air freasdal Dhe? Gheibh thu na naigheachdan sin air an innseadh linn as déidh linn; na naigheachdan a leugh thu mu Naomh air chor-eigin anns an Eiphit, gheibh thu iad air an innseadh mu Chalum-cille anns an leabhar a bha air a sgrìobhadh uime le Adamnan, naoicamh Aba na h-I; agus na naigheachdan a leugh thu mu Chalum-cille, gheibh thu na ceart naigheachdan air an innseadh mu aithrichean Rois leis an Dotair Ceannaideach agus le seanchaidhean eile, ceudan bliadhna an déidh làimhe.

Ann an lorgachadh na fìrinn, is e an dà rud as feumaile, Eòlas (History) agus Logic; sin dearbhadh a dh' fheumas gach beachd agus gach teagasg seasamh ris air a' cheann mu dheireadh. Chan 'eil nàmhaid aig an fhìrinn as miosa na aineòlas, is chan 'eil caraid aice as fheàrr na'n solus, solus reusoin mhic an duine.

Aig an Uinneig

Ant-Ollamh Aonghus Dòmhnallach

THÀINIG a' chrìoch air fear eile de mhinis-tearan na Gàidhealtachd o na sgrìobh mi an àireamh mu dheireadh, an t-Ollamh Aonghus Dòmhnallach, an Cill-iùrnain. A' cheud uair a bha mi aig an Ard-sheanadh chunnaic mi duine a' tighinn a steach, a bha cho àrd, agus cho dìreach, agus cho eireachdail 'n a phearsa, 's gu'n d' fheòraich mi do chuid-eigin a bha làimh rium cò a bha ann. Sin agad, ars' esan, ministear Chill-iùrnain. Ged bha an aois a' laighe air, agus a cheum a' fàs na bu truime, agus a ghuaille-an na bu chruime, bha uaisle is eireachdas an ceum an Dotair Dhòmhnallaich gus an là mu dheireadh.

Thàinig e o sheana stoc Uidhisteach; b'e a' cheud àite anns an do thòisich e air obair na ministrealachd Càir-innis, an eilean a dhùth-chais; á Càir-innis chaidh e a dh' Ullabul, agus á Ullabul chaidh e do Chill-iùrnain (an 1890) far an do shaothraich e gus an tàinig a' chrìoch air.

Ged bha an t-Ollamh Aonghus Dòmhnallach 'n a mhinistear dleasdhanach, an dà chuid 'n a sgìreachd féin agus ann an obair na Cléire (bha e fada 'n a Chléireach an Cléir na Cananaich) chan ann mar shearmonaiche no mar dhiadhair a chumar ainm air chuimhne ach mar sheanchaidh aig an robh eòlas farsuing agus mionaideach air eachdraidh na Gaidhealtachd, agus gu sònruichte air eachdraidh nan teaghlachan a bhuineadh do fhine nan Dòmhnallach.

Chuir e fhéin agus fhcar-ainme an Cill-tàrlagain a mach eadar riu còig leabhraichean

móra anns an do chuir iad saothair iomadh bliadhna; trì leabhraichean mu eachdraidh nan Dòmhnallach, aon fhear anns an do chruinnich iad bàrdachd a bha air a deanamh le Dòmhnallaich, agus fear eile anns a bheil an obair aig Mac Mhaighstir Alasdair. Chan urrainn duine nach 'eil 'na sgoilear a chreidsinn an t-saothair agus an rannsachadh a b' fheudar dhaibh a dheanamh ann an eur ri chéile nan leabhraichean so, gu sònruichte eachdraidh Chloim Dòmhnall.

B' ann air a shon so a thug Oil-thigh Ghlaschu D.D. dhaibh le chéile; do Ghilleasbuig Dòmhnallach an àm iomchuidh, agus do Aonghus Dòmhnallach anmoch 'n a bheatha.

Cùram nam marbh

An àireamh October, air an duilleig so, bha mi a' bruidhinn ri mo bhràithrean uile anns a' mhinistrealachd anns a' Ghàidhealtachd mu chumail suas nan eaglaisean agus nam man-saichean agus nan gàraidhean agus nan glo-baichean a tha air ar cùram. Dh' éirich an seanchas sin á seanchas eile a bha mi a' deanamh ri luchd-leughaidh nan duilleagan so mu thurus a thug mi gu uagh Mhaighstir Lachlainn an Loch Carrann.

Bha mi anabarrach duilich a chluinntinn an déidh làimhe gu'n tug an rud a sgrìobh mi oiblbheum do mo charaid, an t-Urramach Dòmhnall Mac Phàil, M.A., a dh' fhàg sgìreachd Loch Carrann am meadhon an t-samhraidh roimh sud agus a tha nis an Obar-Dheathain, agus gu'n do shaoil e gu robh mi a' cur as a leth

gu'n do rinn e dearmad air na togalaichean a bhuineas do Eaglais na h-Alba a chumail an òrdugh ceart.

Cha tàinig a leithid sin de smaontinn 'n am inntinn-sa riamh; is chan e mhàin nach robh e 'n am inntinn, ach chan fhaca is cha chuala mi dad a bheireadh orm a shaoilsinn nach 'eil togalaichean na h-eaglais an Loch Carrann air sealltuinn as an déidh cho mhaith 's a tha iad an àite air bith eile, is theagaimh móran na's fheàrr na tha am Manse agus an gàradh a tha air mo chùram féin am Blàr. Cìod air bith a bhios ministearan eile ag ràdh chan ann aon uair ach fichead uair 's a' bhliadhna a bhios mise a' guidhe gu robh an gàradh agus a' ghliob agam an grumid a' Chuain Shiar.

Tha mi an dòchas nach do thog gin eile d' ar luchd-leughaidh ceàrr mi, agus nach do ghabh iad mo bhriathran ann an seadh nach robh mi a' ciallachadh. Tha mi an dòchas cuideachd gu'n creid Mghr Mac Phàil gu bheil mi duilich oibheum a thoirt dha gun fhios domh.

Saoghal na mì-chéille

An uair a bha mi am bhalach anns an sgoil bhithinn a' cluinntinn naigheachdan mu thigh sònruichte an eilean mo dhùthchais anns an robh e air a ràdh gu robh nithean neònach agus neo-nàdurra a' tachairt. Bha e air a ràdh gu'n cluinneadh tu air nairean stararaich ann an seòmar falamb; gu'm biodh plaideachan a' dol air theine anns a' chistidh; gu'm biodh maidean-buntata is clobhachan a' damnsadh air an ùrlar; agus cupaichean is truinnsearan a' leum a mach leò fhéin air an t-similear. An uair a thòisich air nithean neònach innseadh tha iad am bith-eantas a' fàs na's neònaiche anns an innseadh. Ach dh' fhalbh na nithean sin; chuir Bòrd nan sgoilean teicheadh orra mar a chuir e teicheadh air sithichean is tamhais a bha aon uair cho tiugh ris na buaghallain-ruadha, agus is fhada cian o nach cuala mi gin de na naigheachdan sin.

Ach an là roimhe thàinig iad gu mo chuimhne, agus mi a' leughadh leabhair ris an abrar anns a' Bheurla, *On the edge of the Etheric*, leabhar a bha air a sgrìobhadh le aon de na daoine ris an abrar, spioradairean; daoine a tha creidsinn gu'n gabh e dearbhadh ann an dòigh nàdurra agus le fianuis buadhan ar cuirp gu bheil an fheadhainn a chrìochnaich an turas air thalamh beò fhàthast; nach e mhàin gu bheil iad beò agus 'n am faireachadh, ach gu'n téid againn air bruidhinn riu, agus a thuilleadh air sin, gu'n téid againn air am faicinn agus air an aithneachadh.

Bha an leabhar so air a mholadh le daoine nach airidh mise air barr-iall am bròghhuasgladh, is bha na mìltean dheth air an reic; bha e air a mholadh le aon mhinistear as aithne dhuinn uile, an t-Ollamh Tormod Mac Illeathain, ach cìod air bith an drùidheadh a rinn e air inntinnean dhaoine eile, is e a' bhuaidh a bha aige

air m' inntinn-sa, nach ainm eile do'n t-saoghal anns a' bheil an leabhar so a' glusad ach *saoghal na mì-chéille*. An ni a bha ann, is e sin an ni a tha ann fhathast, is chan 'eil ni nuadh fo'n ghréin; a' cheart mhionaid a dh' fhosgail mi duilleagan an leabhair bha mi air m' ais gu tigh Eòghain Bhàin. Cha b'e sin fhior ainm ach ni ainm air bith feum.

Cha bu mhaith leam a ràdh gu bheil e ceàrr do spioradairean no do dhaoine air bith eile a bhi feuchainn ris an roinn-bhrat a tha eadar sinne agus an fheadhainn a dh' fhalbh bhuainn a reubadh; chan urrainnear inntinn mhic an duine a thoirmeasg o'n fheòrachas agus o'n rannsachadh a tha innte gu nàdurra, ach mur bheil an ceum air am faigh thu thu féin, fo threòrachadh nan spioradairean, ach 'g ad thoirt a steach do shaoghal na mì-chéille, far a bheil damnsadh chlobhachan is leumartaich bhòrd air an gabhail mar dhearbhadh air nithean spioradail, agus far a bheil solus do reusoin air a chur as, tha an t-àm agad tilleadh air t' ais.

* * * * *

Mu bhòidean ùra

So an t-àm de'n bhliadhna anns am bi daoine aig a bheil coguisean maoth a' cur bhòidean orra féin as ùr. Agus ma bu mhaith leat, a leughadair, a bhi fàs ann an còiread, agus ann an uaisle, agus ann an iomlanachd, cuir a' bhòid so ort féin aig toiseach na bliadhna, criaman Gàidhlig a chur thugam-sa air son nan duilleagan so m' an téid a' bhliadhna seachad. Bho chionn mhiosachan cha d' fhuair mi dad a chuirinn annta ach mo chuid féin, is bidh eagal orm air uairean gu'm fàsar sgìth de 'n aon ghuth daoimhan. Bu mhaith leam, ma ta, tabhartas de'n t-seòrsa so fhaotainn o dhuine air bith d' an aithne Gàidhlig a sgrìobhadh gu ceart, agus aig a bheil ni-eigin sònruichte ri ràdh a tha mar theine 'n a chnàmhan; ni-eigin a bhuineas do'n eaglais; d'a creideamh, no d'a h-eachdraidh; d'a h-aoradh no d'a ministearan (gu sònruichte an fheadhainn nach 'eil a nis beò); ni-eigin a chuireas solus air cùrsa an Fhreasdail no air teagasg a' Bhiobuill; air neo naigheachd air chor-eigin nach dean cron do amadain agus a dh' fhaodas maith a dheanamh do dhaoine glic. Bhithinn toilichte bàrdachd fhaotainn cuideachd, ach tha na bàird tearc. Ach ma tha gin dhiubh beò fhathast bhithinn mòr asam féin 'n an cuireadh iad sbruibeach o'm bùird thugam. Is e na bàird maithen agus uaislean an t-saoghail; is ann daibh a bhuineas na ceud chathraichean le còir nàdurra.

Aon fhacal eile; ceist air bith, no rud air bith a bhuineas do na duilleagan Gàidhlig ann an leabhar na h-eaglais, chan ann gu Mghr Mac-an-Léigh, fear-deasachaidh nan duilleagan Beurla, is còir a chur, ach gu *Dòmhnall Mac Laomhainn, am Blàr Adholl*.

Ianuari, am mìos marbh

Cuairt na Gealaich

A' cheud cheathramh, 3mh là
An solus làn, 11mh là

An ceathramh mu dheireadh, 19mh là
An solus ùr, 25mh là

“ Oir bi àithne an rìgh mu'n tìmhchioll gu'm biodh cuibhrionn àraidh air an son,
a dh'ìghe fèin air gach là.”—NEHEMIAH, XI. 23.

- | | | | |
|-----------------|---|-----------------|--|
| 1. Di-Dòmhaich | <i>A Dhia, is tu mo Dhia-sa ; gu moch iarraidh mi thu.—Salm lxiii. 1. Air maduinn na bliadhna ùire, m' an dean thu rud air bith eile, lùb do ghluin, agus beannaich ainm an Tigh-earna.</i> | 16. Di-Luain | Pàidhear e, Di-Luain mall. Di-Luain mall, sin agad ainm cile air là-air-chor-eigin, agus is e là-air-chor-eigin, an là nach tig gu bràth. |
| 2. Di-Luain | Abair, Air mo shon-sa agus air son mo thighe ni sinn seirbhis do'n Tighearna.—Iosua xxiv. 15. | 17. Di-Màirt | Am fear a gheallas, 's c dh' iocas. |
| 3. Di-Màirt | Na h-abair, Fanaidh sinn an so rè bliadhna, agus ni sinn ceannachd, agus gheibh sinn buannachd. | 18. Di-ciadaoin | <i>Na h-abair ri d' choimhearsnach, Imich, agus thig a rìs, agus am màireach bheir mi dhuit, 'n uair a thu e agad làimh riut.—Gnàth-fhocail iii. 28.</i> |
| 4. Di-ciadaoin | An uair nach 'eil fhios agad ciod a thàrlas air an là màireach. | 19. Di-ardaoin | B' fheàrr a leth an dé, na gu léir an diugh. |
| 5. Di-ardaoin | Abair, Ma's e toil an Tigh-earna e, bithidh mi beò, agus ni mi so, no sud.—Seumas iv. 15. | 20. Di-haoine | Am fear nach cumtadh rium, cha chunntainn ris. |
| 6. Di-haoine | Ann ad uile shlighibh aidich Dia, agus seòlaidh esan do cheuman.—Gnàth-fhocail iii. 6. | 21. Di-Sathuirn | 'Se an cumtas ceart a dh' fhàgas na càirdean buidh-each. |
| 7. Di-Sathuirn | Tabhair suas do shlighe do'n Tighearna ; agus earb as, agus ni se e.—Salm xxxvii. 5. | 22. Di-Dòmhaich | <i>Ann an lìonmhorachd do thròcairean, thig mi steach do d' thigh ; sleuchdaidh mi aig do theampull naomh, ann ad eagal.—Salm v. 7.</i> |
| 8. Di-Dòmhaich | <i>Is e an Dia bith-bhuan do thearmunn, agus fodha tha na gàirdeanan sìorruidh.—Deut. xxxiii. 27.</i> | 23. Di-Luain | Coma leam an rud nach toigh leam ; |
| 9. Di-Luain | Am fear a ghleidheas a theanga gleidhidh e a charaid. | 24. Di-Màirt | cireagan a' dol 'n an coilich ; |
| 10. Di-Màirt | Is mór am facal nach tiechd 's a' bheul. | 25. Di-ciadaoin | Sasunnach a mhuinntir Mhuile ; |
| 11. Di-ciadaoin | Beul gun fhaitheam ! | 26. Di-ardaoin | luingeas mhór a' dol air tir, 's na cumain bheag a seòladh. |
| 12. Di-ardaoin | Is maith am modh a bhi sàmhach. | 27. Di-haoine | Treubhantas an duine bhig, fead is fuaim. |
| 13. Di-haoine | Cha téid fiach air beul dùinte, 's cha tog balbhan fianuis. | 28. Di-Sathuirn | Is maith gu'm foghainn nighean gobha do dh' ogha ceàird. |
| 14. Di-Sathuirn | Na abair ach beag, is abair gu maith e. | 29. Di-Dòmhaich | <i>Molaibh an Tighearna, oir is maith an nì a bhi tabhairt cliù d' ar Dia.—Salm cxlvii. 1.</i> |
| 15. Di-Dòmhaich | <i>Le chèile ghabh sinn comhairle bhlasda ; gu tigh Dhe dh' imich sinn cuid-eachd.—Salm lv. 14.</i> | 30. Di-Luain | Cha do thuir Dia riamh beul do'n t-saoghal, gun a chuid fa chomhair. |
| | | 31. Di-Màirt | <i>Tha dà làimh air an duine air a bheil aon bheul.</i> |



Searmon beag do'n Chloinn

(Ma leughas pàrantan an searmon so d'an cloinn theagamh nach dean e cron dhaibh féin, no do neach air bith eile.)

“Bheir mi an aire do m' shlighibh nach peacaich mi le m' theangaidh.”—SALM xxxix. 1.

THA fichead dòigh ann anns am faod daoine peacachadh le 'n teangaidh, ach is e an dà dhòigh anns an trice a bheil iad 'ga dheanamh, le breugan agus le mionnan. Mar tha Leabhar Aithghearr nan Ceist ag innseadh dhuinn tha cuid de pheacaidhean na's mìosa na cuid eile, ach is e am breugaire fìor cheann-feadhna nam peacach. Ged nach maith an rud e ann an duine air bith a bhi cas no goirid 'n a nàdur, no trom air an uisge-bheatha, no leasg gu obair, no farmadach, faodaidh na fàilingean móra sin a bhi ann an daoine anns a bheil iomadh rud a tha grinn is maith, ach an uair nach 'eil an fhìrinn anns an taobh a stigh aige, agus a tha duine air a thoirt suas do na breugan, tha spiorad an Tighearna 'ga fhàgail.

Air uairean chì sibh ùbhlán agus meang annta ; crioman beag anns an taobh aca a tha fàs bog, ach tha an còrr dhiubh slàn fallan, is gabhaidh iad itheadh maith gu leòr. Sin mar tha a' mhór-chuideachd de dhaoine air thalamb ; tha meang annta, ach air a shon sin tha fallaineachd annta cuideachd, agus is urrainn do Dhia feum a dheanamh dhiubh ann an obair an t-saoghail agus ann an seirbhis a rioghachd. Ach tha na breugairean coltach ri ùbhlán a tha grod a dh' ionnsuidh a chridhe ; ùbhlán nach gabh blas a chur orra ciod air bith a nithear riu, agus anns nach 'eil feum air bith ach a bhi air an tilgeadh air an dùnan.

Bu mhaith leam innseadh dhuibh, a chlann, cuid de na nithean a tha facal an Tighearna ag ràdh mu bhreugan, agus mu luchd-innseadh bhreug.

Is gràinealachd leis an Tighearna bilean nam breug, ach is iad an dream a ni gu f'rinneach a thlachd (Gnàth-Fhocail xii. 22).

Is beag air an fhèirean na breugan, ach fàsaidh an droch dhuine gràineil agus nàraichear e (Gnàth-Fhocail xiii. 5).

Cha ghabh fear-deanamh ceilge còmhnuidh ann am thigh ; chan fhuirich fear-labhairt bhreug fa chomhair mo shùil (Salm ci. 7).

Ma dh' èisdeas uachdaran ri breugan, bithidh a sheirbhisich uile aingidh (Gnàth-Fhocail xxix. 12).

Is fèarr duine bochd na breugaire (Gnàth-Fhocail xix. 22).

Sgriosar luchd-labhairt bhreug (Salm v. 6).

Tha an t-abstol Eoin a' cur nam breug air an aon ghad ris na peacaidhean oillteil so ; mort, striopachas, draoidheachd, iodhol-aoraidh, agus am measg nan daoine a tha e ag ràdh nach téid a steach do néamh tha e ag ainmeachadh, *gach neach a ghràdhaicheas agus a ni breug*.

Tha am Biobull ag ràdh gur e Sàtan athair nam breug, air chor agus gu'm faodar a ràdh ann an da-rìreadh gur e clann Shàtain a tha annta-san a bhios ag innseadh bhreug. Is e Sàtan a dh' innis a' cheud bhreug air a bheil cùntas againn, an uair a thug e air Eubh a chreidsinn nach éireadh olc dhi ged dheanadh i an rud a thoirmisg Dia. Agus is e Càin a dh' innis an ath bhreug anns a' Bhiobull ; nach e sin an dithis mu dheireadh air an t-saoghal a bu mhaith leibh an ceuman a leantuinn, Sàtan agus Càin.

Ann am Facal an Tighearna tha dà naigh-eachd uamhasach air an innseadh mu dhaoine air an tug Dia breitheanas air son nam breug ; Gehasi anns an t-Seann Tiomnadh, is Ananias agus Saphira anns an Tiomnadh Nuadh. Theagamh gu bheil daoine anns an t-saoghal an diugh a tha cheart cho neo-choguseach agus cho breugach ri Ananias no ri Gehasi, ach a tha faotainn leò gun bhreitheanas air bith a thighinn orra, ach ged tha Dia faighidinneach, agus ged nach 'eil e a' toirt luigheachd dhuinn air son ar n-eucearta, bithibh sibhse cinnteach, a chlann, gur e tuarasdal a' pheacaidh am bàs ; bàs an anma ; bàs nan uile bhuadhan maith is uasal a chuir Dia ann an anam an duine.

Tha cuid de bhreugan ann is mìosa na chéile ; cha b' urrainn Sàtan féin, athair nam breug, breug a bu dalma innseadh na bhreug a dh' innis Ananias do Pheadar. Dh' fheuch e ris a char a thoirt as na h-abstoil, agus chan ann a mhàin as na h-abstoil ach as an Spiorad Naomh. Ach cha mheallar Dia ; tha sùilean an Tighearna mar mhìle coinneal, agus rannsaichidh iad seòmraichean dìomhair a chridhe.

Chuala sibh, a chlann, am facal *teanga shalach*. Tha an teanga salach an uair a tha i air a

cleachadh ann an seirbhis a' pheacaidh; an uair a tha i a' gabhail mhionnan oirre, no a' labhairt bhreug. Tha daoine a bhios a' mionnachadh, no a' gairm air ainm an Tighearna ann an dìomhanas, a' nochdadh gu soilleir nach 'eil eagal diadhaidh no urram do Dhia 'n an cridhe; tha iad ag innseadh do'n t-saoghal nach 'eil anna féin ach daoine mì-naomh, gun ghrinneas 'n an giùlan no 'n am faireachadh. Is gasda an rud e gu'n saillleadh duine a sheanachas le géiread, is àbhacas, is dibhersoin laghach, ach mur bheil iad aige leis an saill e a sheanachas ach mionnan, is guidheachan, is draosdadh, b' fheàrr dha fhéin agus do dhaoine eile gu'n do rinn Dia balbhan dheth.

Tha e air a ràdh gu bheil seòladairean agus saighdearan na's truite air mionnan na daoine eile, ach ma tha iad mar sin an diugh, bu mhaith leam innseadh dhuibh, a chlann, mu shaighdear agus mu mharaidhe usal leis nach bu toil *teanga shalach* a bhì aig an sgioba aige, Sir Walter Raleigh, a bha 'n a chomann-dair air cabhlach Bhreatainn anns a' bhliadhna 1617. So na cumhachan a chuir e air na sgiobairean eile a bha foidhe:

- (1) *Bithidh aoradh agaibh air bòrd a h-uile là, anns a' mhaduinn agus anns an fheasgar;*

a h-uile feasgar bithidh ainm an Tighearna air a mholadh leibh ann an salm.

- (2) *Thoiribh an aire nach gairmear air ainm an Tighearna ann an dìomhanas air an luing. Ma nì neach air bith sin, agus nach stad e de 'n droch chleachdadh so, an déidh dha rabhadh fhaotainn, bithidh e air a thumadh anns an fhaire bho cheann na slaite. Is dìth gu'n biodh mallachd an Tighearna air bàta nam mionn.*

Nach bu mhaith an gnothuch na'n robh na riaghailtean sin air an cumail air gach bàta a tha dol gu muir an diugh!

Tha daoine a' deanamh peacaidh le 'n teangaidh air iomadh dòigh eile cuideachd, gu sònruichte ma tha iad luath 'n an teangaidh, oir tha Facal an Tighearna ag ràdh, "Ann an lìomhorachd bhriathran cha bhithear saor o pheacadh ach tha esan a chaisgeas a bhilean glic."

Bithibh-se glic, a chlann, agus cuiribh roimh-ibh an tùs bhur tòiseachaidh breugan, is mionnan, is cainnt shalach, a sheachnadh, agus bhur bilean a choisrigeadh do Dhia.

Ge b'e le'm b' àill beatha a ghràdhachadh, agus làithean maithe fhaicinn, cumadh e a theanga o olc, agus a bhilean o labhairt ceilg.

Eòin Carsuel, Easbuig Earra-Ghàidheal

LEIS AN URRAMACH GILLEASBUTG DÒMHNULACH, D.D.

RUGADH Eòin Carsuel mu'n bhliadhna 1520 Rann an seann chaisteal Chàrn-asairidh an sgìreachd Chill Mhàrtainn beagan mhiltean bho cheann a deas Loch Obha. Anns an t-seathamh linn deug bha an caisteal sin 'n a dhainghnich làidir aig ceannardan a bha cumail riaghailt fo ùghdarras triathan Earra-Ghàidheal an measg sluagh na dùthcha mòr thimchioll. Bha suidheachadh a' chaisteil anabarrach freagarraich air son tùr-faire nam freiceadan anns na linn-tean draghail buairesach ud. Tha e 'n a àite air leth fradharcach, o'm bheil sealladh nach 'eil a leithid ach tearc, eadhon an "Alba chaomh nan stuc 's nan càrn." Gheibhear sealladh bhuaith air carraig Dhùn Ad far an robh ceann-bhaile rioghachd Dhail Riata, agus an iar-dheas chi an t-sùil thairis air srath Chill Mhàrtainn le ghlinn, le shléibhteann, agus le dhoireachan, agus a bheil i a' stad air beanntan Chnapadail.

Cha b' ann de fhìor fhuil na Gàidhealtachd an Carsuelach no a shinnsear, ach coltach ri treubhan eile a thàinig o'n Ghalltachd agus a thuinich an Tìr nam Beann, fhreumhaich iad anns an fhearann anns an robh iad aon uair 'n an coigrich, air chor agus gu'n do ghabh iad snuadh agus coltas àraidh sluagh na dùthcha anns an robh an crannchur air a thilgeil. Bha na Carsuelaich 'n an teaghlach inbheach, agus

shuidhich Caimbeulaich Earra-Ghàidheal iad mar mhaoir ann an caisteal Chàrn-asairidh fad àireamh ghinealach. B'e so an suidheachadh anns an robh athair Eòin, agus chan 'eil teagamh nach b' ann 's a' chaisteal a rugadh e mu'n bhliadhna a dh' ainmicheadh.

Òige agus oileanachadh

Bha a' cheud earrann d'a bheatha air a caitheamh ann measg nan saighdearan a bha cumail faire air a' chaisteal, ag éisdeachd ri sgeulachdan agus bàrdachd na Feinne leis an robh intinnean sluagh na Gàidhealtachd aig an àm a' cur thairis. Rinn e féin gearan cruaidh, an uair a thàinig e gu àrd inbhe anns an eaglais, gu'm b' fheàrr leis na Gàidheil a bhì ag éisdeachd ri sgeulachdan na Feinne na bhì ag éisdeachd ris an t-soisgeul. Ged bha an Carsuelach 'n a dhuine mòr, agus cumhachdach 'n a phearsa, cha b' iad euchdan nan sonn a làimhsich an claidheamh a ghluais 'aignidhean ann an làithean 'òige, ach eachdraidh is cor na h-eaglais an Albainn.

An déidh dha bhì air oileanachadh an Oilthigh Chill Rìmhinn bha e air a chur air leth gu dreuchd na sagartachd. Ann an 1553 gheibhear e ann an sgìreachd a dhùthchais agus ann an caisteal Chàrn-asairidh a' cur air aghaidh

a dhreuchd. Cha b' ann an Cill Mhàrtainn a mhàin a bha e cleachdadh ùghdarras spioradail na h-oifig. Bha e 'n a mhinistear-tighe do Iarla Earra-Ghàidheal, agus bha Ceann Garad an eilein Bhòid fo riaghladh mar an ceudna, agus dà eaglais eile; Cill Bhrìghde aig Loch Gearr agus Cill Mo-Chumaig aig Loch Crìonan.

Eaglais an Ath-leasachaidh

Bha crannchur Charsuel air a thilgeil ann an linn bhuaireasach an eachdraidh na h-eaglais, oir ann an 1560 thuit Eaglais na Ròimhe an Albainn agus dh' éirich eaglais an Ath-leasachaidh 'n a h-àite. Bha Mac Cailean Mór, a theaghlach, agus a mhuintir gu buileach, air taobh an Ath-leasachaidh; agus tha e soilleir o'n inbhe gus an tàinig Carsuel anns an eaglais an déidh làimhe gu robh e gu maith dealasach agus eudmhor air son an aobhair cheudna.

Cha robh fada gus am facas nach ann le lunn-daireachd no le làmhnan paisgte a bhiodh Eaglais an Ath-leasachaidh comasach air an t-soisgeul a thoirt gu sluagh na h-Alba. Bha am fogharadh pailt ach bha an luchd-oibre tearc. Bha dorchadas tiugh am measg an t-sluaigh, oir anns an eaglais Phàpanaich chaidh searmonachadh an Fhacail, an tomhas mór, á fasan. Mar sin, chuir Eoin Knox agus luchd-riaghlaidh eile na h-eaglais romhpa gu'm biodh an rìoghachd air a roinn 'n a còig earrannan, agus gu'm biodh ministear air a chur mar riaghladair os cionn gach còigeimh gu bhì sealltainn thairis air cor spioradail an t-sluaigh, gus am biodh àireamh nam ministearan na bu choimhlionta air son frithealadh orra anns gach sgìreachd. B'e gnothuch nan riaghladairean so a bhì suidheachadh thighean-sgoile agus a bhì sealltuinn thairis orra; ministearan a chur a steach agus a mach, no a ghluasad bho sgìreachd gu sgìreachd; seanadh a ghairm anns gach mór-roinn dà uair 's a' bhliadhna; agus cunntas a thoirt uair 's a' bhliadhna air an dichìoll do'n Ard Sheanadh.

Riaghladair Earra-Ghàidheal

Chuireadh Eoin Carsuel air leth mar aon de'n chòigear so, agus bha an taghadh 'n a chomharradh gu robh e fo dheagh chliù anns an eaglais. B'e Earra-Ghàidheal, Loch Abar, na h-eileanan mu dheas, Arainn agus Bód, an earrann de'n rìoghachd a dh' earbadh ris. Bha ceangal dlùth aige ris a' cheàrn sin co dlui, oir anns an t-seann eaglais bha e 'n a ionmhasair do Easbuig Earra-Ghàidheal, agus is ann air a chùram a bha na soithichean naomha, na trusgain, agus na seudan a bhùineadh do'n Easbuig.

Cha b'e dreuchd gun dragh a ghabh e os làimh; bha an dùthaich farsuing agus garbh; na h-eileanan lionmhor agus na cuantan stoirm-eil, air chor agus nach b' e aran an diomhanais

a dh' itheadh an riaghladair a bha air a chur thairis air a mhór-roinn ud.

Cuilbheartan na Ban-rìgh

Bha a' Bhan-rìgh Mairi gu tur an aghaidh Eòin Knox. Lean i ri eaglais na Ròimhe is chuir i roimhpe gu'n deanadh i greim air na b' urrainn i de gach innleachd-riaghlaidh a bhùineadh do'n eaglais anns an aimsir a dh' fhalbh. Ghabh i oirre féin easbuigan a dheanamh, agus ged nach d' fhuair rìghrean na talmhainn an t-ùghdarras sin o'n àird, gidheadh bhuilich i orra cumhachd gu bhì ag gabhail seilbh anns gach maoin shaoghailta a bhùineadh do na sgìreachdan easbuigeach thairis air an d' fhuair iad riaghladh. Ach cha do ghabh Eaglais an Ath-leasachaidh riamh ris na daoine so mar easbuigan, agus cha robh iad riamh air am pòsadh le ùghdarras spioradail ris na sgìreachdan o'n robh iad a' tarruing am beò-shlàint. Thug Mairi ùghdarras do Charsuel gu bhì cleachdadh a dhreuchd mar easbuig ann an Earra-Ghàidheal agus anns na h-eileanan, agus ghabh e sin fo làimh na Ban-rìgh, ged bha e cheana air a shuidheachadh leis an Eaglais Phròstanaich mar riaghladair anns na ceàrnan ud. Bha an dà oifig aige anns an aon cheàrn. Cha do thaitinn sin le Knox, no ri luchd-riaghlaidh eaglais na h-Alba, agus thug aon de uaislean Earra-Ghàidheal, Caimbeulach aig an robh seasamh is ùghdarras anns an dùthaich, achmhasan dha air son giùlan nach robh dileas do reachdan Eaglais an Ath-leasachaidh. Ach ma thug, cha d' aidich Carsuel gu'n do chiontaich e, agus cha mhò a ghabh e a leth-sgeul air son dol an aghaidh bunait Chléireachail na h-eaglais.

Achmhasan o'n Eaglais

Chan 'eil e furasd a thuigsinn cìod a thug air Carsuel dreuchd easbuig a ghabhail. Chan 'eil e coltach gu'm b'e sannt no gràdh an t-saoghail, oir tha e air iomradh gu robh duais easbuig Earra-Ghàidheal agus nan eileanan air a struidheadh le fear de Chlann Dhiarmaid a bha 'na easbuig roimhe, agus a thug staoicean mòra de mhaoin na h-eaglais d'a chàirdean féin. Mar so cha robh saoihbheas mór air fhàgail air son na h-oifig, agus chan 'eil e soilleir gu'm b'e sannt a thug air Carsuel deanamh mar a rinn e. Tha a ghiùlan, ann an cùisean eile, a' dearbhadh gu robh e dealasach agus eudmhor a thaobh nithean spioradail. Ach ged bha e dileas do'n chreideamh Phròstanaich bha taobh aige ris a' Bhan-rìgh, agus bu mhaith leis a' seasamh cho fad 's a b' urrainn e. Tha so a' soilleireachadh ni no dhà a thàinig cadar e féin agus luchd-riaghlaidh na h-eaglais. Anns an tuasaid a dh' éirich as déidh murt Dharnley bha Carsuel am measg na feadhna a sheas air taobh a' Chrìuin. Bha e an làthair anns a' Pharlamaid a ghairm a' Bhan-rìgh ann an 1567, còmhla ris an Ard

Easbuig agus na h-ochd easbuigean eile a shuidh innte. Thug Ard Sheanadh na h-eaglais achmhasan teann dha ann an 1569 air son an dà ni so ; anns a' cheud àite, gu'n do ghabh e thuige inbhe easbuig gun ùghdarras agus an aghaidh riaghailt na h-eaglais ; agus anns an dara àite, gu'n do shuidh e am Pàrlamaid na Ban-rìgh an déidh bàs Dharnley.

A' cheud leabhar Gàidhlig

Thug Carsuël dearbhadh air an deagh rùn a bha aige do chor nan Gàidheal an uair a thionndaidh e gu Gàidhlig leabhar-ùrnuigh na h-eaglais, a' cheud leabhar Gàidhlig a bha riamh air a chur an clò. Bha an leabhar air a chur a mach am Beurla ann an 1565 gu bhi 'n a riaghailt aig ministearan, leughadairean, agus luchd-teagaisg eile na h-eaglais ; ann an aoradh follaiseach ; pòsadh ; fiosrachadh luchd-tinneis ; agus frithealadh nan sàcramaidean. Bha, agus tha, ainm Knox ann an dlùth cheangal ris an leabhar so, agus is cinnteach nach bu bheag an làmh a bha aige ann. Rinn Ard Sheanadh na h-eaglais reachd gu'm feumadh an leabhar so a bhi aig a h-uile ministear. Ach maith 's mar bha an leabhar cha robh mòran maith ann do shluagh na Gàidhealtachd cho fad 's nach robh e ach am Beurla. Ghabh Carsuël os làimh a thionndadh gu Gàidhlig, agus gu cinnteach is fhiach e a mholadh air son na rinn e. Na'n robh luchd-riaghlaidh Albainn, ann an gnoth-uichean na Staid agus na h-Eaglais, de'n aon inntinn ri Carsuël anns na linntean a lean, bha cor sluagh na Gàidhealtachd na b' adhartaiche na tha e.

Cha robh Carsuël a' gabhail air a bhi 'n a sgoilear Gàidhlig ; thubhairt e nach robh aige eòlas air ar cànan ach an t-eòlas a bha aig an t-sluagh uile, ach b'e sin a' cheart eòlas a bu fhreagarraiche air son an t-seòrsa leabhair ud ; agus na chumhnichear gu'm b'e sud a' cheud leabhar Gàidhlig a chaidh a chur a mach, agus nach robh sampull aige gus a leantuinn, feumar aideachadh gu'n do chuir e deagh chrioch air an obair ris an do chuir e làmh.

Faodar na briathran fàilteachaidh a tha e a' cur air an leughadair ann an toiseach an leabhair a chur sìos ann an litreachadh an là 'n diugh, agus chithear nach tàinig mùghadh mòr sam bith air a' Ghàidhlig Albannaich bho chionn trì cheud gu leth bliadhna.

Do chum gach uile Chrìosduidh air feadh an domhain gu h-ìomlan, agus gu h-àraidh do fhearaidh Albainn agus Eirinn, do'n mheud diubh le an àill briathra d'isle Dhe do ghabhail chuca nan cridheachaibh agus nan inntinnibh, ata Eoin Carsuël a' cur a bheannachda agus a' guidhe an Spioraid Naòimh dhoibh o Dhia Athair trid Iosa Crìosd ar Tighearna.

Tha e air a ràdh mar an ceudna gu'm b'e Carsuël a thionndaidh gu Gàidhlig Leabhar

Cheist Chalvin, agus tha saothair a làimhe follaiseach ann ged nach robh an leabhar air a chur a mach gu trì fichead bliadhna an déidh a bhàis.

Dh' fhàg e aon laoidh a tha nochdadh gu robh cumhachdan bàrdail aige. Bha i air a deanamh d'a mhac féin, a bha, am beachd athar, air a thoirt suas tuilleadh 's a chòir do nithean an t-saoghail, agus aig nach robh suim do'n t-siorruidheachd. Tha an t-slighe do'n uaigh air a dealb am briathran drùidhteach a tha leigeil fhaicinn gu robh a' Ghàidhlig, a dh' aindeòin na thubhairt e féin, 'n a h-inneal deas an làmhan an Easbuig.

*Ge mór leat do ghùidhrain mhuc,
'S do bhuaile bhuar beallach breac,
Uibhir an ubhail ge beallach
Cha téid do'n uaigh chumhainn leat.*

Aoir a' Charsalaich

Chaochail Eoin Carsuël mu thoiseach an fhoghair 1572, m' an robh e idir 'n a fhìor sheann duine. Thiodhlaiceadh e an Abaid Aird Chatain, dà fhichead mìle bho Chàrn-asairidh, agus a réir beul-aithris na dùthcha, bha an corp cho trom agus an latha cho stoirmeil 's gu robh làn aobhar aig a' chuideachd mhór a bha cruinn cuimhne a chumail air an latha. Cluinnear am facal fathast am measg an t-sluaigh, ma thig fìor dhroch latha, "Cha tàinig a leithid bho latha adhlaic a' Charsalaich."

Air dhòigh air chor-eigin chan 'eil e coltach gu robh cliù Charsuël glé chùbhraidh an cuimhne nan ginealach a thàinig 'n a dhéidh. Chan 'eil teagamh nach biodh na h-éisgean 'g a aoireadh gu geur sgaiteach, mar tha an rann so a' foillseachadh.

*An Carsalach mòr tha 'n Càrn-asairidh
Tha na còig cairt 'n a chasan,
Tha dhroll mar dhruinnean na corra,
'S a sgròban lom gionach farsuing.*

Mur robh rud-eigin aig an t-sluagh 'n a aghaidh cha tigeadh a leithid so de ana-cainnt thairis air na linntean. Bha cùis-nàimhdeis aca 'n a aghaidh, agus bu neònach mur bitheadh. Bha esan an aghaidh nam bàrd agus nan sean-chaidhean, agus bhiodh e a' gearan nach robh an soisgeul idir 'n a cheòl cho binn do chluas nan Gàidheal ri sgeulachdan na Feinne.

Ach air a shon sin, bu duine maith agus bu phears-eaglais foghainteach a bha an Eoin Carsuël. Tha e gun teagamh fìor nach robh e anns gach ceum co-sheasmhach, ach cha bhuiin foirfeachd do chloinn nan daoine, agus a dh' aindeòin gach aoireadh a rinneadh air leis na bàird, agus cùl-chàineadh a rinneadh air leis an t-sluagh, feumar aideachadh gu'n do rinn e deagh sheirbhis do Dhia, d'a dhùthaich, agus d'a eaglais, anns an linn anns an robh a chrann-chur air a thilgeil.

Simon o Chirene

LEIS AN URRAMACH DÒMHNUL MAC GHILLEBHRÀTH, B.D., AM PEITIGH

B'e an t-aobhar iongantais e mur biodh eòlas Bagainne a tha creidsinn ann an Crìosd air cuid de'n mhuinntir a bha cruinn air Calbhari ann an là a' Chroinn-cheusaidh. Tha facal Dhe a tha sinn a' leughadh, agus òraidean is searmoin a sheirbhìsich a tha sinn ag éisdeachd, a' tilgeadh solus cho dealrach orra 's gu bheil iad dhuinn mar gu'm biodh iad beò 'n ar latha féin. Muire 'n a bròn; Peadar 'n a chùl-shleamhnachadh; Pilat a' glanadh a làmbhan an déidh binn eucorach a thoirt a mach; an gadaiche ag ùrnuigh agus an ceannard-ceud ag aideachadh, "Gu firinneach is e so Mac Dhe,—iad sin is aithne dhuinn uile. Ach cò 'n ar measg aig a bheil cuimhne, no idir eòlas, air Simon o Chirene? Gidheadh b'e so an duine a chuidich le Crìosd an crann-ceusaidh a ghiulan gu Calbhari.

Tha e coltach gu'm b'ann de shìol Iacoib a bha Simon, agus gu'n do rugadh e ann an ceann a Tuath Africa, anns an dùthaich a tha laighe eadar Cartage agus Alesandria. Cha robh e ach a' leantainn eisempleir a shìnnis agus a' toirt ùmhachd do lagh Mhaois, an uair a chaidh e suas gu Ierusalem a ghleidheadh féill na Càisg sin air an d' fhuiling Crìosd bàs. Is dòcha, mar an ceudna, gu robh dùil aige beagan malairt a dheanamh ris na coigrich a bhiodh cruinn ann an ciùrt an Teampuill. Ach cia mar air bith a bha chiuis so is cinnteach nach do smuainich Simon riamb gu'm biodh e air àireamh an measg na muinntir a bha 'n am fianuisean air ceusadh Crìosd.

Gun neach ann gu m' chuideachadh

Chuir e seachad an oidhche roimh cheusadh Crìosd anns a' mhachair, taobh a mach gheat-achan Ierusalem. Cho luath 's a bha na geat-achan air am fosgladh, moch 's a' mhaduinn, chaidh e steach do'n bhaile. Ann an sràidean a' bhaile choinnich ris sluagh mòr a' cuairteachadh trìuir phrìosanach a bha, gach fear dhiùbh, a' giùlan crann-ceusaidh air an robh iad a' dol a dh' fhuilang bàis air Calbhari. Lean Simon a' chuideachadh, agus an tràth bha e gabhail beachd air gnàis gach prìosanaich, agus a' leughadh neo-chiontas ann an giùlan a h-aoin, aithreachas 's an fhear eile, agus dannarrachd 's an treasa fear, ghlac iad e agus chomh-éignich iad e gu crann-ceusaidh Crìosd a ghiulan.

Bu mhór feum Crìosd air cuideachadh 's a' mhaduinn ud. Air an oidhche chaidh seachad nach b' uamhasach fhuilangais? Ann an Getsemani agus fa chomhair Heroid; an talla a' bhreitheanais agus am fianuis Philait agus a nàimhdean; bha e a' giùlan fearg agus corruich Dhe an aghaidh peacaidh, agus a' fulang diogh-altas agus droch-bheart dhaoinè aingidh. Gun bhìadh, gun deoch, gun fhois rè na h-oidhche,

am b' ionghnadh ged bha a chorp lag agus a spiorad trom aig briseadh na faire? Am b' ionghnadh ged bha e cu-comasach dha a chrann-ceusaidh a ghiulan gu Calbhari? C' àite an robh Peadar; c' àite an robh Seumas agus Eoin, mic Shebede? Na'm biodh iad 'n an àite, duineil, dileas, treibhdhireach mar bu chòir dhaibh, theagamh gu'n deanadh iad tre ghràdh an ni a rinn Simon an aghaidh a thoile.

Nàire a' Chroinn-cheusaidh

Bha e nàdurra gu leòir gu'm biodh Simon glé mhì-thoilichte an uair a ghlac iad e agus a chomh-éignich iad e chum crann-ceusaidh Crìosd a ghiulan. Faodaidh e bhì gu'n tàinig e iomadh mìle thar muir agus tìr, chan ann a mhàin a dheanamh aoraidh do Dhia 'aithrichean, ach mar an ceudna a dheanamh buannachd am measg luchd-malairt an airgid, a bhiodh cruinn ann an ciùrt an Teampuill. Ma bha so 'na bheachd, chailleadh e mòran ùine a' dol suas gu Calbhari, agus 'nuair a ruigeadh e an Teampull bhiodh na h-àitean a b' fheàrr air an glacadh le luchd-malairt eile. A thuilleadh air so bha an crann-ceusaidh air a chunntas 'n a shamhladh tàir agus nàire ann an latha Crìosd; is e ni mallaichte a bha ann. Bha an duine a bheanadh ris no a ghiulaineadh e 'ga chur féin an taobh a mach de gach cuideachd mheasail.

Bha fhios aig Simon air so uile, agus bha fhios aige, mar an ceudna, gu'm biodh an gnìomh a rinn e air a thilgeadh 'n a inisg air a theaghlach agus an treas agus an ceathramh ginealach. Agus ni eile; cha b' obair fhaoin idir an crann-ceusaidh a ghiulan gu Calbhari. Bha am fiodh trom agus an t-slighe cas. Bhiodh a cheann crom, an anail 's an uchd aige, fhallus a' sìleadh bho ghruaidh, agus e glé sgìth, m' an ruigeadh e Calbhari.

Neart an àm deuchainn

Ach an robh ni sam bith seach deuchainn agus bròn agus nàire ceangailte ris a' ghnìomh a rinn Simon ann an là a' Chroinn-cheusaidh? Aig an àm cha robh fhios aige cò bha e a' cuideachadh. Cha robh fhios aige nach b' fhear droch-bheairt Crìosd, cosmhuil ris an dithis eile. Ach mòran làithean an déidh so, an uair a thug agus a chreid Simon gu'm b'e so am Mesias, mac Dhe, an Slànuighear a thàinig a shaoradh an ni sin a bha cailte, saoil sibh nach robh aobhneas 'n a chridhe do bhrìgh agus gu'n do rinn e an gnìomh so air son a Mhaighstir!

A ris; tha e gle choltach gu'n do ghiulan Crìosd cuid de'n chrann-cheusaidh a bha air a leagail air gualainn Shimoin, agus gu'n do lean Simon ann an ceuman an t-Slànuigheir gu Calbhari. Bhiodh Crìosd, mar sin, air thoiseach

's an t-slighe, agus bhiodh e a' toirt gach cuideachadh a b' urrainn dha do Shimon. Fao-daidh e bhi nach d' fhairich Simon aig an àm mar bha Criosd ag aotramachadh 'uallaich, ach an uair a bha e air iompachadh agus air a theagasg leis an Spiorad Naomh chan 'eil teagamh nach do thuig e so. Riamh bho'n là sin tha an Slànuighear gràdhach a' toirt d'a shluagh féin combhfurtachd an àm bròin, agus nearn an àm deuchainn. Ma tha Dia a' leagail orra crann-ceusaidh trom tha Criosd a' cuid-eachadh leò a ghiùlan.

Sòlas cho mhaith ri dòlas

Chan 'eil e tuilleadh 's a' chòir a ràdh gu'n do thionndaidh crann-ceusaidh Chriosd gu bhi 'n a mheadhon-gràis do Shimon. Bha e mar fhiachainn air gach Iudhach e féin a nochdadh an fianuis an Tighearna 's an Teampull trì uairean 's a' bhliadhna; aig féill na Càisge, aig féill na Cuingis, agus aig féill nam Bùthan. Bha so dhaibhsan aig an robh an dachaidhean ann an dùthchanna céin, mar bha aig Simon, eucomasach a dheanamh. Gidheadh thigeadh cuid dhiubh sin gu Ierusalem air son na Càisge, agus bho nach robh ach leth-cheud latha eadar Càisge is Cuingis, bu chleachdadh dhaibh fuireach 's a' bhaile rè na h-uine sin. Mar so bha iad a' coimhlionadh lagh Mhaois cho mhaith 's a b' urrainn dhaibh. Air là na Cuingis, an déidh aiseirigh Chriosd, an là sin a ghluais an Spiorad Naomh trì mìle pearsa gu aithreachas, bha daoine o iomadh ceàrn de'n t-saoghal cruinn ann an Ierusalem, agus bho chrìochan Libia timchioll Chirene. Tha àite-còmhnuidh Shimoim air a chomharrachadh a mach gu sònruichte anns na briathran sin.

Car son tha so? Nach ann chum agus gu'm biodh fhios againn gu robh esan anns a' choinneamh bheannaichte ud air là na Cuingis; gu robh e air a ghairm le Dia, agus air àireamh am measg sheirbhiseach Iosa Criosd! A bheil e duilich a chreidsinn gu robh Spiorad Dhe a' strì ri Simon bho 'n là chaidh e suas le Criosd gu Calbhari eadhon gu là na Cuingis? Nach bu mhiorbhùileach na nithean a chunnaic agus a chual e air an là mhór ud! Chunnaic e duine air a dhìteadh nach do rinn eucoir; duine nach do rinn cron air a sgiùrsadh; duine a' fulang bàs mallaichte ged bha e gun pheacadh. Air an t-slighe gu Calbhari, agus air Calbhari féin, chunnaic e an duine so ciùin, iochdmhor, gràs-

mhor, fad-fhulangach, an tràth bha a nàimh-dean 'ga phianadh agus ag éigheach le fanoid, "Shaor e daoine eile; chan 'eil e comasach air e féin a shaoradh." Ma chomh-éignich na nithean sin an ceannard-ceud gu aideachadh, "Gu firinneach b'e so Mac Dhe," am b' iongh-nadh ged bhiodh iad 'nan aobhar-smuaineach-aidh do Shimon?

Beannachadh 'n a theaghlach

An uair a bhreithnich Simon air na nithean a thachair bha a chridhe air a dheanamh deas fa chomhair dòrtadh an Spioraid Naomh air là na Cuingis. Is ann le aoibhneas mór a rachadh e air ais do Chirene, agus a dh' innseadh e d'a mhnaoi agus d'a dhithis mhac na nithean mór agus iongantach a thachair ann an Ierusalem. Tha e soilleir gu robh Simon fo làimh an Tighearna, 'na mheadhon air a dhithis mhac agus air am màthair a thoirt gu eòlas air Criosd. Glé thràth ann an eachdraidh na h-eaglais bha mic Shimoim, Alecsander agus Rufus, ainmeil mar sheirbhiseach dhileas do'n Tighearna Iosa Criosd. Bha màthair nan gillean so 'na ban-Chriosduidh cho falaidh agus cho gràdhach 's gu bheil an t-abstol Pol ag ràdh rithe, *mo mhàthair*, ged nach b'iamhàthair idir. "Cuiribh," ar' esan, "fàilte air Rufus a tha taghta anns an Tighearna, agus air a mhàthair agus *mo mhàthair-sa*." (Rom. xvi. 13.)

Cò a chluinneadh idir gu robh an duine so ann mur b'e gu'n do chuidich e Criosd air Dihaoine na Càisg? Ach riamh 'n a dhéidh sin bha e air a chomharrachadh a mach 's an eag-lais mar an duine a ghiùlain crann-ceusaidh Chriosd. Tha ainm sgrìobhta ann an leabhar an Tighearna anns an t-saoghal so, agus chan 'eil e dàna a ràdh gu bheil e sgrìobhta mar an ceudna ann an leabhar na beatha. Nach b'i so an duais phriseil a fhuair Simon air son an crann-ceusaidh a ghiùlan? Gu ma beannaichte Dia, tha an duais so air a cur an cothrom gach neach a tha leughadh na duilleig so. Giùlain thusa an crann-ceusaidh a tha Dia a leagail ort le creideamh agus faighidinn; lean Criosd troimh mhì-chliù agus troimh dheagh-chliù gu crìoch do chùrsa anns a' bheatha so,—agus aig a' Chathair-bhreitheanais shuas cluinnidh tu an fhàilte ghlormhor so, *Is maith a dheagh sheirbhiseach fhìrinnich; imich a steach do aoibhneas do Thighearna*.

Aig an Uinneig

B'E Uilleam Mac Comaidh, an Tillyfour an B'obar-Dheathain, fear de na tuathanaich a b' fheàrr a bha riamh an Albainn. Bha e maith anns an t-seadh so, gu robh sùil mhaith is eanchainn maith aige, agus gu'n d' fhàg e làrach a làimhe air stoc na dùthcha, gu sòn-

ruichte air a' chrodh dhubb mhaol. 'Na latha cha robh leithid a' chruidh aige an Albainn; choisinn e còrr agus còig ceud duais leò, agus is e a thug a mach an duais (£100), am Paris anns a' Fhraing, anns a' bhliadhna 1878, air son nam beathaichean a b' fheàrr a ghiùlanadh

cudthrom feòla. Chuir Mghr Mac Combaidh coig maoleanan dubha ann, is thug iad a mach an duais ud, ged bha trì fichead sheòrsachan eile cruaidh 'n an aghaidh as gach dùthaich anns an Roinn-Eorpa.

Bha buaile aige anns an robh ceithir cheud ceann. Am measg ghnòthuichean eile ris an do chuir e a làmh dh' fheuch e ri dol a steach do Phàrlamaid. Chan 'eil cuimhne agam cò a bha feuchainn 'n a aghaidh, ach air là an taghaidh fhuair Mac Comaidh droch bhuille o'n taobh eile, oir cha robh balla no craobh ri taobh an rathaid an Sierramachd Obar-Dheathain air nach do chuir iad clàr paipeir agus na briathran so air an sgrìobhadh air ann an litrichean móra :

DO'N LUCHD-TAGHAIDH

Ciamar a bhios gliocas aige-san a tha leantuinn a' chroinn-treabhaidh ; a tha ag iomain dhamh, agus aig nach 'eil seanchas eile ach umpa ; aig a bheil iuntinn suidhichte air sgrìoban a' chroinn, agus air fodar a thoirt do'n sprèidh.

As an Apocripha

Theirear an Apocripha ri seann leabhraichean Iudhach (tha ceithir deug dhiubh ann) a bha

Aonghus Friseal nach maireann

CHAN 'eil am bàs 'na thàmh. Dhùin an Cuaigh air na bha talmhaidh de'n duine mhaith so, anns an fhoghar so chaidh. Bidh iondrainn mhór air Maighstir Friseal, mar dhuine, mar eildear, mar fhear-riaghlaidh na sgoil Shàbaid, is mar fhear-suim. Cha robh àite riamh falamh air Sàbaid anns an eaglais no 'san sgoil Shàbaid, gus an do bhuaill a thrioblaid e. Bha e air leth fialaidh ri aobhar an Tighearna, 's cha bu mhaith leis riamh fios a bhì aig a làimh chli cìod a bha a làmh dheas a' deanamh. Bhiodh e tric aig leabaidh na trioblaid, 's bha e ro chaoimhneil do na bochdan. Thàinig e de theaghlach a bha air leth diadhaidh 's chan 'eil air fhàgail dhiu a nis ach a h-aon, Maighstir Alasdair Friseal a bha fad iomadh bliadhna

aon uair air an cur còmhla ri leabhraichean an t-seann Tiomnaidh, agus a gheibhear ann an seann Bhiobuill fhathast. Ach bha iad air an cur a mach as le diadhairean na h-eaglais Ath-leasaichte a chionn gu robh iad an dùil nach robh na leabhraichean sin air an deachdadh leis an Spiorad Naomh.

An uair a chunnaic Mac Comaidh am paipear ud, rinn e cabhag, agus an taobh a stigh de dhà uair an uaireadair, bha paipear eile aige ri thaobh air gach balla is craobh, agus na briathran so sgrìobhte air :

DO'N LUCHD-TAGHAIDH

“Ma chì thu fear a bhios ealamh 'n a ghmòthuichibh, seasaidh e an làthair rìghrean; cha seas e an làthair dhaoine iosal.”

Chan ann as an Apocripha

Tha e maith do dhaoine ann an iomadh dòigh am Biobull a bhì air a theagasg dhaibh 'n an òige! Ged bha na buillean a thug na fir ud d'a chèile trom bha iad glan is cothromach. Cha robh iad salach, no leibideach, no lean-abail, no gun tùr, mar a tha móran de na paipearan a chithear air ballachan an diugh an uair a bhitear a' cur a steach Pàrlamaid ùr.

'na mhissionaridh 's na Hearadh, 'sa tha nis a' cur seachad feasgar a là aig an t-seann dachaidh am Baile-chaolais. Tha ar co-fhaireachadh ri ar caraid caomh, is e air fhàgail 'na anonar.

Bha dlùth chàirdeas aca ri Daibhidh Mac an Léigh, missionaridh mór na h-Afric, 's chan 'eil teagamh nach do lean pàirt de dhiadhachd 's do eud an sinnsearach ris an teaghlach so. Ged nach 'eil gràs a' ruith 'san fhuil, tha eisempleir mhaith ro bhudhach.

Bha so fìor mu Aonghus.

Sgaoil e a chuid is thug do'n bhoichd 'S buan fhìreantachd am feasd.

*Dòmhnall MacLeòid
Ministear na Comraich.*

Beannachadh

Sith is sonas biodh do'n teach so,
Sith do na tha 'n so a' tàmh ;
Sith nach millear leis a' pheacadh,
Sith mar earlas grinn 'na slàint' ;
Sith o'n Ti a bheir gu fialaidh
Sith neo-aithnichte do'n t-saogh' l ;
Sith o nèamh bhios maireann siorruidh
Sith a thig o Dhia 's o ghaol.

Phrionns' na Sith, bi thusa ghnàth leimn,
Is gabh còmhnuidh ann ar eridh ;
Misnich sinn le d' làithreachd ghràs-mhor,
Thigeadh nis do rìogh' chd an sith ;
Suas gu flaitheas tog ar dòchas,
Deònuich dhuinn mar sheilbh, gu bràth,
Slàinte iomlan agus ghlòrmhor,
Ann ad dhachaidh naomh gu h-àrd.

Februari, am Faoilleach

Cuairt na Gealaich

A' cheud cheathramh, 2mh là
An solus làn, 10mh là

An ceathramh mu dheireadh, 17mh là
An solus ùr, 24mh là

“Oir b'i aithne an rìgh mu'n timchioll gu'm biodh cuibhrionn àraidh air an son,
a dh'lighe féin air gach là.”—NEHEMIAH, xi. 23.

- | | | | |
|-----------------|--|-----------------|--|
| 1. Di-ciadaoin | Thoir dhuinn aran ; car son a gheibheamaid bàs a'd làthair ? oir theirig ar n-airgiod.—Gen. xlvii. 15. | 13. Di-Luain | Cha robh uireasbhuidh ni sam bith ort.—Deut. ii. 7. |
| 2. Di-ardaoin | Car son a tha sibh a' caith-eamh airgid air ni nach aran ? agus bhur saothair air ni nach sàsaich ?—Isaiah lv. 2. | 14. Di-Màirt | A' caitheamh a bheatha gu sòghail.—Lucas xvi. 19. |
| 3. Di-haoine | Chan ann le aran a mhàin a bheathaichear duine, ach leis gach uile fhacal a thig o bheul Dhe.—Mata iv. 4. | 15. Di-ciadaoin | Ag ràdh, Tha mi beartach agus gun fheum agam air ni sam bith.—Taisb. iii. 17. |
| 4. Di-Sathuirn | A Thighearna, thoir dhuinne an t-aran so an còmh-nuidh.—Eoin vi. 34. | 16. Di-ardaoin | Ann an ifrinn thog e suas a shùilean.—Lucas xvi. 23. |
| 5. Di-Dòmhnach | Dh' aithnicheadh leò e ann am briseadh an arain.—Lucas xxiv. 35. | 17. Di-haoine | Na'm b' aithne dhuit anns an là so na nithean a bhuineas do d' shith !—Lucas xix. 42. |
| 6. Di-Luain | Aran an dìomhanais ; aran na ceilge ; ged robh iad milis do'n bhlas ni iad do chridhe searbh. | 18. Di-Sathuirn | Deasaichidh tu bòrd fa m' chomhair.—Salm xxiii. 5. |
| 7. Di-Màirt | Cha d' ith sinn aran duine air bith a nasgaidh . . . thug sinn an aithne so dhuibh, mur àill le neach obair a dheanamh gun e dh' itheadh bidh.—2 Tesal. iii. 8-10. | 19. Di-Dòmhnach | Dh' ith iad am biadh le gàir-deachas, a' moladh Dhe.—Gnìomharan, ii. 46. |
| 8. Di-ciadaoin | Mur dean duine solar air son muinntir a theaghlach is miosa e na ana-creideach.—1 Tim. v. 8. | 20. Di-Luain | Ma bhitheas bràthair no piuthar lomnochd, agus a dh' uireasbhuidh teachdan-tìr làthail.—Seumas ii. 15. |
| 9. Di-ardaoin | Bha sinn 'n ar suidhe làimh ris na poitean feòla is dh' ith sinn aran gu'r sàth.—Ecsodus xvi. 3. | 21. Di-Màirt | Bi ealamh gu roinn.—1 Tim. vi. 18. |
| 10. Di-haoine | Ma's duine thu air do thabh-airt do gheòcaireachd, cuir sgian ri d' sgòrnan.—Gnath-Fhocail xxiii. 2. | 22. Di-ciadaoin | A' comh-roinn ri uireasbhuidh nan naomh.—Rom. xii. 13. |
| 11. Di-Sathuirn | Is fearr làn dùirn le suaimheanas na'n dà làimh làn le saothair agus buaireas spioraid.—Eecl. iv. 6. | 23. Di-ardaoin | A' gnàthachadh aoigh-eachd.—Rom. xii. 13. |
| 12. Di-Dòmhnach | Dh' ith daoine biadh nan aingeal.—Salm lxxviii. 25. | 24. Di-haoine | Bha mi acrach, agus cha d' thug sibh dhomh biadh.—Mata xxv. 42. |
| | | 25. Di-Sathuirn | A chlann a bheil biadh air bith agaibh ?—Eoin xxi. 5. |
| | | 26. Di-Dòmhnach | Thigibh agus ceannaichibh gun airgiod agus gun luach fion agus banne.—Isaiah lv. 1. |
| | | 27. Di-Luain | Ma dh' ith mi mo ghreim am aonar, agus nach d' ith an dilleachdan dheth . . .—Job xxxi. 17. |
| | | 28. Di-Màirt | Nach rannsaich Dia so a mach !—Salm xlv. 21. |



Ùrnuigh an Tighearna

“*Athair, thoir maitheanas dhaibh, oir chan ’eil fhios aca ciod a tha iad a’ deanamh.*”—LUCAS XXIII. 34.

AN uair a bhiodh daoine air an ceusadh agus iad an impis dol as an ciall le pian is pathadh bha e a’ tachairt gu tric gu’n cluinnteadh iad a’ mionnachadh agus a’ mallachadh Dhe is dhaoine. Bha na saighdearan cleachdte gu leòir ri mionnan is toibheum a chluinntinn o’n chrann-cheusaidh. Ach cha chual iad guth mór no droch fhacal o bhilean naomh Iosa, an uair a thog iad suas e; an àite sin chual iad rud ris nach robh dùil aca agus nach cual iad riamh roimhe; chual iad e ag ùrnuigh air an son féin agus air son nan uile dhaoine eile aig an robh lámh ’n a bhàs, *Athair, thoir maitheanas dhaibh, oir chan ’eil fhios aca ciod a tha iad a’ deanamh.* Nach leòr an dearbhadh sin gu’m b’e Iosa mac Dhe, oir chan ann do spiorad an t-saoghail so a bhuineas ùrnuigh cho iongantach agus cho nèamhaidh! Bu mhaith an duine Daibhidh, ach ghuidh esan gu’n sgrìosadh Dia a naimhdean agus gu’n dubhadh e a mach an ainmean á leabhar na beatha. Ghuidh Jeremiah an ni ceudna; ghuidh e air Dia uile a thoirt air a naimhdean agus an sgrìos le sgrìos dùbailte. Ach dh’iarr Iosa d’a naimhdean maitheanas an àite sgrìos, beannachd an àite mallachd, agus mar sin faodar an ùrnuigh so a ghabhail mar dhearbhadh air a dhiadhachd.

Chan e so an seòrsa ùrnuigh a bhios daoine am bitheantas a’ cur suas an uair a’ bhàis. An uair a bhios sgàil na siorruidheachd a’ tuiteam air an anam, agus am bàs dlùth; an uair a thig peacaidhean na h-òige agus cuimhne air cathair-breitheanais air an ais gu inntinn dhaoine, bidh iad a’ guidhe ’n an ùrnuighean air son maitheanas is sìth ri Dia. Ach ged bha am bàs glé dlùth do Iosa an uair a rinn e an ùrnuigh so cha d’iarr e maitheanas, agus cha mhò a bha teagamh aige nach robh e ann an sìth ri Dia. Cha d’iarr e maitheanas, oir cha b’aithne dha ann féin aon smuain no iarrtus nach robh a réir inntinn Dhé. Cha b’urrainn da am peacadh a bu lugha a chur as a leth féin oir ghluais e ann an aonachd iomlan ri Dia uile làithean a bheatha. Agus sin dearbhadh eile air a dhiadhachd.

Anns an t-searmon ris an abrar searmon na beinne dh’iarr e air a dheisciobuil an naimhdean a ghràdhachadh; dh’iarr e orra na daoine a mhallaicheadh iad a bheannachadh, agus maith a dheanamh do na daoine a bha a’

deanamh eucoir orra, agus a nis air a’ chrann-cheusaidh chuir e an teagasg sin ann an cleachdadh e féin, a’ leigeil fhaicinn do shaoghal ole is mì-chreideach gu’n gabh a theagasg a chur ann an cleachdadh ann an da-rìreadh. Their muinntir an t-saoghail riut ann an clàr an aodainn nach gabh teagasg Iosa a bhi air a chur ann an cleachdadh ’na leithid so de shaoghal; their iad gu bheil e maiseach is nèamhaidh gun teagamh, ach nach ’eil e freagarrach air son dhaoine a dh’fheumas reic is ceannach a dheanamh, agus obair an t-saoghail a chur air aghaidh. Their iad riut na’n tòisicheadh marsanta air a ghnothuich a dheanamh a réir teagasg an t-searmoin so nach fhada gus am biodh e briste. Ach chan ’eil còir air bith aig daoine a bhi ag ràdh nach gabh teagasg Iosa giùlan a mach, *oir cha d’fheuch iad riamh ris.* Cha do theagasg Iosa rud air bith nach do ghiùlain e a mach ’na bheatha féin. Chuir e a theagasg féin ann an cleachdadh, agus is e teisteanas a’ chinne-daonna gur esan an aon duine a fhuair riamh buaidh iomlan air an t-saoghal. Fhuair e a’ bhuaidh a chionn gu’n do chuir e ann an cleachdadh an teagasg anns a bheil muinntir an t-saoghail a’ cur amharuis.

Tha e duilich do dhuine maitheanas a thoirt d’a dhearg namhaid, ach ged tha, chan ’eil sin a’ ciallachadh nach còir a dheanamh. A thaobh teagasg an Tiomnaidh Nuaidh tha so fìor (ged nach toir daoine mòran aire dha) nach ’eil dleasdanas spioradail eile ann air an do chuir Iosa féin uiread de chudthrom ’s a chuir e air maitheanas a thoirt do dhaoine a rinn cron oirnn. Tha e mar fhiachaibh air slugh an Tighearna an spiorad so a nochdadh a cheart cho cinnteach ’s a tha e mar fhiachaibh orra ùrnuigh a dheanamh, no comanachadh a ghabhail, no aobhar an t-soisgeil a chuideachadh le’n airgid. Ann an aon àite tha Iosa a’ cur an dleasdanas is air thoiseach air gach dleasdanas no iobairt eile, “Ma tha thu a’ tairgseadh do thìodhlaic aig an altair, agus gu’n cuimhnich thu an sin gu bheil ni air bith aig do bhràthair ann ad aghaidh, fàg do thìodhlaic an sin fa chomhair na h-altarach, agus imich agus dean réite an toiseach ri do bhràthair, agus an sin thig agus tairg do thìodhlaic.” Nach àrd agus nach maiseach agus nach duilich teagasg Chrìosd? Cò is urrainn a

choimhlionadh? Ach eadhon an uair a thuislicheas tu ann, na toir suas; cùm ort agus romhad, cùm do shìtìl air na beanntan o'n tìg do neart, oir bheir Dia cuideachadh daonna dhaibhsan a tha ag iarraidh a thoil a dheanamh gu dùrachdach. Agus an rud a tha eucomasach dhaibh an uair a' tha iad ann an caidreamh an t-saoghail agus air an riaghladh le spiorad an t-saoghail bidh e comasach dhaibh an uair a tha iad a' fantuinn ann an companas Iosa agus ann an umhlachd a thoile.

An do fhreagair Dia ùrnuigh a mhic air a' chrann-cheusaidh—*Athair, thoir maitheanas dhaibh*. Ann an aon seadh cha do fhreagair, ach ann an seadh eile fhreagair gu pailt. Cha do fhreagair e i anns an t-seadh gu robh na daoine a chuir Iosa gu bàs air an iompachadh agus air an toirt a steach d'a rioghachd. Cha robh na saighdearan air an iompachadh; cha mhò a bhàsaich Iudas ann an sith ri Dia. An àite iad a bhì air an tionndadh gu Dia faodar a ràdh gu'n do lean mallachd Dhe gach neach aig an robh làmh ann am bàs a mhic. Chaill Herod a nàire shaoghalta; chaill Pilat a dhreuchd; agus chuir Iudas làmh 'na bheatha. Ann an ùine ghoirid leagadh baile Ierusalem gu làr, chaill na sagartan an urram 's an inbhe, agus o'n latha sin chan 'eil anns na h-Iudhaich ach sluagh gun dachaidh gun dùthaich; sluagh a tha gun mheas gun chliù an measg nan cinneach eile; sluagh air nach 'eil ach "bual thall is coinnich a bhos e." Aon uair 'n an eachdraidh ghlaodh iad le aon ghuth, "Ceus e, ceus e, biodh fhuil oirnne agus air ar cloinn," agus fhuair iad an guidhe; bha Mac Dhé air a cheusadh leò agus faodar a ràdh gu bheil fhuil air an cinn gus an là an diugh.

Ach mur robh ùrnuigh Iosa air a freagairt anns an t-seadh gu robh an fheadhainn a mharbh e air an iompachadh bha i air a freagairt ann an dòigh a b' fharsuinge; bha i air a freagairt (agus tha i 'ga freagairt fhathast) anns an atharrachadh a thug i air an t-saoghal a thaobh smuaintean dhaoine mu dhioghaltas agus mu mhaithneas. Anns an t-seann t-saoghal chan e mhàin nach tugadh duine maitheanas d'a nàmhaid ach cha robh e

a' creidsinn gu robh e mar fhiachaibh air a dheanamh, agus cha saoilleadh e na b'fheàrr dheth féin na'n deanadh e e. Bha an seann saoghal a' creidsinn ann an dioghaltas. Ach tha an saoghal ùr a' creidsinn ann an lagh as àirde, agus eadhon ged nach 'eil daoine a' giùlan a mach an lagha sin no a' toirt maitheanas d'an naimhdean mar bu chòir daibh, tha fhios aca gu'm bu chòir dhaibh a dheanamh. Is e Criosd a rinn an t-atharrachadh sin, agus chan 'eil facal eile 'na theagasg no gnìomh eile 'na bheatha a bha 'na mheadhon air a dheanamh cho mhór ris an ùrnuigh so, *Athair, thoir maitheanas dhaibh*. Tha i 'g a freagairt le Dia na's mò agus na's mò mar tha na bliadhnanachan a' dol seachad, agus mar tha spiorad a' ghraidh a' faotainn na buadha thairis air fuath is an-ìochd.

Ann an aon seadh bha fhios aig na daoine ud gu maith cìod a bha iad a' deanamh. Bha fhios aca gu robh Iosa a' seasamh anns an rathad orra, agus mar sin chuir iad romhpa a chur gu bàs. Ach ann an seadh eile cha robh fhios aca cìod a bha iad a' deanamh; cha bu léir daibh an olcas féin no olcas an gnìomha ann an sùilean Dhe. Is ann an uair a *thàinig e thuige féin* a thubhairt am mac seachranach "Eiridh mi agus thèid mi gu m' Athair." Gus a sin cha robh e *aige féin*; cha b' aithne dha cìod a bha e a' deanamh; cha do thuig e riamh gu ceart a sheachran no 'amaideas. Na'n tuigeadh daoine gu ceart cìod a tha iad a' deanamh cha bhiodh iad eas-umhail do Dhia agus cha bhriseadh iad a lagh, oir is e Dia an Athair agus an Caraid as feàrr, agus ann an umhlachd dha tha sith is sonas is àgh. Ach tha am peacadh agus an saoghal a' dalladh an sùilean air chor agus nach aithne dhaibh cìod a tha iad a' deanamh, agus ceusaidh iad mac Dhé as ùr. Ach ged tha esan a nis air àrdachadh gu ionadan nèamhaidh cha d' atharraich a nádur agus tha e an diugh fhathast, agus bìthidh e gu sìorruidh, a' coimhlionadh ministrealachd éifeachdach an làthair Dhe as leth a bhràithrean peacach air thalamh, a làmban togtà gu sìor ann an eadar-ghuidhe air an son, *Athair, thoir maitheanas dhaibh, oir chan 'eil fhios aca cìod a tha iad a' deanamh*.

Còmhradh

Eadar Dòmhnall Saor agus Calum Friseal

LE AONGHAS MAC EANRUIG

Calum Friseal.—Am bheil an saor trang? Tha an latha math, agus is duilich a bhì 'ga chur seachd am bùth-oibre. Cuin a thòisich thu 's a' mhaduinn?

Dòmhnall Saor.—Cha do thòisich gu deich

uairean. Cha robh aobhar agam a bhì 'n greim na bu tràithe. Tha iad ag ràdh gu'm bheil a' Ghàidhealtachd a' mealtainn barrachd soir-bheachaidh na Ghalldachd, ach ma tha sin fìor, is truagh leam da-rìreadh cor nan Deasach.

Tha mise agus iomadh saor eile air feadh nan ceàrnachan so a' cur seachad dara leth an latha 'n ar tàmh.

Calum.—Is feàrr leth latha na bhì falamh. Tha a' Ghalldachd air chor glé bhochd; agus, mur bith an déirce a thatar a' faighinn á sporan na Stàide, is e an t-acras tur no an fhìor ghorta a bhiodh mar chuibhreann aig iomadh teaghlach. Eadhon mar tha, chan urrainn ach bùird loma agus gainne aodaich is chais-bheart a bhì aig na h-uiread. Cha do mhothaich sinne fhathast mòran de'n acras, agus tha goireasan eile againn gu math a réir ar feuma.

Dòmhnall.—Sin thusa 's na Goill; is iadsan a tha fulang a h-uile ana-cothrom agus tha ar muinntir féin cho math dheth 's a tha an latha cho fada! Is iongantach leam thu, gu dearbh, a Chalum. Am faic thu idir gu'm bheil a' Ghàidhealtachd a' dol na's mò fo na casan a h-uile bliadhna, agus, ma leanas cùisean mar a tha iad, nach fada gus am bi i falamh, fàs gun cheird, gun obair, gun phobull? Tha mi féin leth dhiomhanach, gidheadh tha mi cho math dheth ri gin de'n luchd-ceird mu'm thimcheall, agus na's feàrr na mòran. Agus chan fhaighinn peighinn á sporan neach eile ged bhithinn falamh am màireach.

Calum.—Is ann a tha thu cur as mo leth nithean nach d'thubhairt 's nach abair mi. Chan 'eil mi 'g ràdh gu'm bheil na Gàidheil gu math dheth, no chòir cho math 's a b' iomchuidh dhaibh a bhì. Ach tha iad, gun teagamh, gu comhfhurtail, sona, an coimeas ri mìltean de luchd-oibre an ceàrnachan eile. Tha iad an seilbh air iomadh cothrom agus sochair a tha falachte o chàch. Tha iad gun mhàil idir a thaobh taigheadais, agus tha an laidhe 's an éiridh mar thogras iad féin, gun neach a dh' fhaodas a ràdh, "Tha sibh ro mhoch no ro anamoch."

Dòmhnall.—Tha sin uile fìor, ach ciod am feum a tha ann mur 'eil cosnadh ri fhaighinn agus ma tha beathaichean cho ìosal am pris is nach fiach iad an togail.

Calum.—Chan 'eil uiread de fheum air cosnadh far am bheil am biadh pailt; agus, a thaobh ainmhidhean, chan 'eil iad fhathast cho saor is nach pàigh iad am màl agus beagan a bharrachd. Tha na Gàidheil falamh de airgid ach a mhàin na thig chuca á Sasuinn, ach tha maoin is earras aca nach urrainn airgid a cheannach. Tha iad an seilbh air subhailcean a thàinig chuca o'n sinnsre,—saorsa aimsireil is spioradail nach faighear ach inneamh an àite sam bith eile.

Dòmhnall.—Is gann is urrainn dhomh cur leat an sin, a Chalum. Ciod an t-saorsa a tha againn nach nach 'eil coitcheann do'n dùthaich uile o Lunnainn gu Tìgh Iain Ghrèòta?

Calum.—Tha againn, an toiseach, beagan mhaighstirean, no an cainnt eile, tha sinn uile 'n ar maighstirean oirnn féin. Cha ruig sinn

leas a ràdh ri duine sam bith, "Am faod sinn dol a dh' adhlacadh ar màthar no ar n-athar?" agus, mar a thuir mi cheana, faodaidh sinn éiridh is laidhe an uair a chì sinn freagarrach. Tha ar beò-shlàinte cinnteach dhuinn an tomhas iomchuidh, agus chan 'eil eagal bàillidh no marsant oirnn ma ghiùlainear sinn sinn féin gu rianail. A thaobh chùisean spioradail, tha sinn 's a cheart shuidheachadh, ma tha eagal an Tighearna 'n ar cridheachan chan eagal gu'n cuir duine dragh no tuaireab oirnn. Chan ionann sin is mar a tha cùisean mu Dheas. Am bailtean-móra na Galldachd, agus air an dùthaich mar an ceudna, théid neach a mhilleadh 'n a chliù ma their e facal a thaobh creidimh nach bi a co-chòrdadh ri beachd a' mhórain. Chunnacas so eadhon an uiridh an uair a chaidh coin nam paipearan-naigheachd a leigeadh thar lomhainn air son achmhasan a thoirt do aon de mhinistearan an t-soisgeil air am bu mhiann, o chionn ghoirid, le Oil-thighean agus Ard Sheanaidhean a bhì cur urrainn. Chuir e mach leabhar anns an d'thubhairt e gu'm faod na mairbh a bhì air an cuideachadh le ùrnuighean na muinntir a tha air mhaireann, agus gur comasach dhaibh-san a dh' fhalbh agus dhaibh-san a tha air fuireach co-chomunn a chumail ri chéile. Dh' fhoghainn sin! Chaidh na coin a leigeadh as chum na faghaid; agus, eadhon na paipearan a bhuineadh, an tomhas, do Eaglais a' mhinistear a sgrìobh an leabhar, bha iadsan air a shàil cuideachd, ged nach do dhiteadh riamh e le gin de chiurtean na h-Eaglaise. Sin agad geur-leanmhainn a réir nòis an latha diugh: chan fhadar an crìonglach a cheusadh ach faodar a dhiteadh gun éisdeachd, agus, an sin, a liubhairt thairis do ghràisg nam paipearan-naigheachd, cuid aig am bheil eud is farmad ris an dearbh neach a tha aca 'n an ingnean. Sin agad saorsa a réir beachd agus cleachdadh nam bailtean-móra. Taing do Dhia cha do ràinig an "t-saorsa" so sinne fhathasd. An nair bu dìne ceist an "Dealachaidh" cha robh fithich dhubha an fhàisach a' faighinn cead neach a mhilleadh gun ùghdarras cùirt no seanaidh, mar a tha mìol-choin nam paipearan-naigheachd daonnan a' faighinn air a' Ghalldachd. Marbhas air an ole!

Dòmhnall.—O'n chuir thu na smùidean sin dhìot, suidh agus gabh smog. Is beag feum a nì e dhuinne a bhì feuchainn ri gnothuichean dhaoine eile a chumail ceart. Is leòir dhuinn fhaicinn gu'm bheil a' Ghàidhealtachd gun sluagh, gun chosnadh, agus nach fada gus am bi i gun mhinistearan, a chionn nach gabh iad faighinn.

Calum.—Tha mi an dòchas nach tig an latha sin, a Dhòmhnall, agus gu dearbh cha tig. Tha na h-Eaglaisean a' dol cuideachd an àite bhì dol air leth, agus théid iad cuideachd na's mò agus na's mò an tìne ghoirid. Tha oileanaich am

pailteas againn agus Gàidhlig ghasda aig na h-uiread dhiubh, agus tha ar pobull fhathasd toigheach air a bhi frithealladh air meadhoinan an t-soisgèil. Tha amannan matha romhainn ;

—ach feumaidh mi teannadh air falbh. Mo bheannachd leat.

Dòmhnall.—Bheannachd leat fhéin, gu dearbh, a charaid !

Mu'n Tombaca

ANNS an leabhar a bha air a chur a mach o Achionn ghoirid mu na bàird Thiristeach leis an Urramach Eachan Camshron tha iomradh air a dheanamh air soisgeulaiche a bha aon uair an eilean Thiriodh, a b' àbhaist a bhi searmonachadh an aghaidh an tombaca cho mhaith ris an uisge bheatha. Tha iomadh bliadhna a nis o nach cuala mi rabhadh de'n t-seòrsa so air a thoirt seachad ann an coinneamh shoisgeulach, ach ri mo cheud chuimhne bhithheadh soisgeulaichean glé thric ag iarraidh air creidmheich òga stad de'n tombaca cho mhaith ris gach peacadh is droch chleachdadh eile. Carson nach bi iad a' deanamh sin an diugh ?

Chan urrainn mi a ràdh ; faodaidh e bhith gu bheil a' chuid mhór dhiubh féin ris an tombaca, air neo gu bheil iad an dùil nach 'eil e gu mùghadh air bith anns a' bheatha spioradail co dhiu a tha duine ris no nach 'eil. Theagamh gu bheil sin fìor a thaobh mòran dhaoine, ach air a shon sin, is maith an rud e ann an creidmheach òg a tha tòiseachadh air Criosd a' leantuinn an da rìreadh, gu'n cuireadh e bòidean air féin, agus gu'n àicheadh e e féin ann an ceum air chor-eigin. Ach feumar sin fhàgail eadar e fhéin agus a choguis.

Ged nach 'eil àireamh nan daoine a tha ris an tombaca a' fàs na's lugha tha àireamh nan drongairean a' fàs na's lugha a h-uile bliadhna. Chan fhaic thu an diugh an àite air bith aon duine air an daoraich mu choinneamh fichead duine a chitheadh tu roimh àm a' chogaidh, is tha e air a ràdh gu bheil an *cigarette* 'na h-aon de na meadhanan air daoine a chur o'n uisge-bheatha, gu sònruichte daoine òga. Ach tha mi an dùil gur e an fhìor-aobhar, gu bheil an t-uisge beatha cho daor. Tha an t-uisge-beatha cho daor an diugh 's gur e fìor amadan a cheannaicheas e. Uair-eigin de 'n t-saoghal bhithem-aid uile ag ràdh nach b' urrainnear daoine a dheanamh stuama le Ach Pàrlamaid, ach rinn a' Phàrlamaid daoine stuama le cis a chur air an uisge-bheatha.

Ach faodaidh e bhith gur e an t-aobhar nach cluinnear ministearan an diugh ag iarraidh air iompachain stad de'n tombaca maille ris gach peacadh is ana-miann eile, nach 'eil iad a' creidsinn gur e peacadh a tha ann ; gu'm faod duine a leòir a smogadh gun pheacachadh. Faodar a' cheart rud a radh mu'n uisge bheatha ; is faodar a' cheart rud a ràdh mu iomairt no mu chur gheall (gambling), nach 'eil iad 'nam

peacadh gus a bheil duine a' deanamh cron dha féin no do dhaoine eile leò. Anns a' bheatha so chan urrainn duit aon riaghailt litireil fhaotainn a threòraicheas do chasan anns a h-uile ceum, gun t' inntinn a phianadh ; feumaidh tu do thùr agus do choguis a chleachdadh daonna, a' cothromachadh aon rud ri rud eile, mar gu'm biodh tu 'g an cur air a' mheidh, oir is e sin an dòigh anns an ionnsaich sinn an t-slighe cheart a thaghadh agus anns am fàs sinn airidh air an t-saorsa a thug Dia dhuinn.

Ged nach 'eil mise ris a' phìob no ris na cigar-ettes, cha bu mhaith leam an sòlas a thoirt o chuid d' am chàirdean a tha iad a' faotainn annta ; is cha mhò a bu mhaith leam luibh a dhiomoladh a bha air a moladh le Tearlach Lamb, agus Byron, agus Carlyle, agus Emerson, agus Kingsley, agus Kipling, agus Seumas Barrie, agus Spurgeon, is daoine gasda de'n t-seòrsa sin. Cha mhòr nach robh Spurgeon a' smogadh uiread cigars ri Ioseph Chamberlain, no ris a' Mhorair Birkenhead, no ris an Rìgh nach maireann. Tha e air a radh gu'm biodh Edgar Wallace nach maireann a' smogadh ceithir fichead cigarette anns an latha, rud a tha duilich a chreidsinn. Bha Iain Bright, agus Rosebery, agus Asquith, agus Bonar Law, uile gu maith trom air an tombaca, is cò riamh a chunnaic Stanley Baldwin gun phìob 'na làimh ?

A dh' aindeòin gu bheil cis a tha anabarrach trom air an tombaca tha tuilleadh dhaoine a' smogadh an diugh na bha ann an 1914, agus o chionn bhliadhnan is e marsantan móra an tombaca na daoine a bu mhò a rinn am fortan.

Thàinig an cleachdadh so thugainn á America ; b'è Sir Iain Hawkins a thug a nall a' cheud tombaca ann an 1565, ach ged thog rìghrean is Pàpa is sagartan is luchd-riaghlaidh an guth 'na aghaidh mar rud a bha dona do shùilean, agus do sgamhain, agus do eanchainnean dhaoine, sgaoil ciocras an tombaca mar gu'm biodh an influenza.

Ged tha e furasda tòiseachadh air an tombaca tha e duilich stad dheth, cho duilich 's gu'm b' fheàrr le mòran am bàs na feuchainn ris. Cha robh ann an gaoir nam ban Muileach ach fuaim fhann is thiamhaidh an coimeas ri sgreud bhrònach is osnaich throm nan daoine truagha a tha feuchainn ri stad de'n phìob, agus gun a' dol aca air a dheanamh ; là a' deanamh sgéil do là air dìomhanas an oidhirpean. Saoilidh mi

gu'm bu chòir dhuinn na prìosanaich sin a chuireadh ann an athchuingean agus ann an eadar-ghuidhe na h-eaglais. Bidh sinn a' guidhe Sàbaid an déidh Sàbaid as leth an-dream

a tha an gàbhadh cuain, agus gun smuain idir againn air ar bràithrean a tha còmhrag ri fiadhbheathaichean, a' feuchainn ri stad de'n tombaca.

Coitcheannas

LEIS AN URRAMACH TOMAS MAC-A-PHEARSOIN, CEANN LOCH CILLE CHIARAIN

SAOILIDH mi gur gann a thachair ann an Seachdraidh an t-saoghail gluasad eile a dhùsg uiread deasboireachd ris an ni so air a bheil mi a' toirt Coitcheannas mar ainm. Tha an teagasg ùr so a' roinn sluagh an t-saoghail 'n an dà earrainn, an dara cuid a' cur leis 's a' chuid eile 'n a aghaidh. Tha iadsan a tha creidsinn ann ag altrun an dòchais gu'n teasaig *Coitcheannas* sinn o gach uile olc. Tha a' mhuintir a tha 'na aghaidh mar is bitheanta ag amharc air mar ghluasad ceannairceach a mhilleas soirbheachadh agus sonas dhaoine.

Ma rannsaicheas sinn a' chùis gu stòlda, foighidneach, chì sinn gu bheil móran ri ràdh air gach taobh. Tha tomhas de'n fhìrinn air taobh an neach a tha creidsinn ann an *Coitcheannas*, agus cha bu chòir gu'n cuireadh an fhìrinn eagal air duine sam bith, ach air an neach a tha 'na h-aghaidh. Air an làimh eile chì sinn gu bheil tomhas de mhearachd ann an *Coitcheannas*, agus cha bu mhaith gu'n soirbheicheadh mearachd a thaobh ni sam bith. Cho fad 's a tha fìrinn is ceartas aig na daoine a tha sparradh nan teagasgan ùra so oirnn, is e dleasnas gach duine ceart éisdeachd a thoirt daibh, aontachadh leò agus an t-aobhar a chuideachadh cho fad 's a cheadaicheas ceartas dha dol. Ach air an làimh eile, 'nuair a gheibh sinn a mach gu bheil mearachd 'n an teagasgan tha e mar fhiachaibh oirnn am mearachd a dhìtheadh, oir ged a thuiteadh na nèamhan 's e ceartas a sheasas gu siorruidh, buan.

Crioch àraidh nan Coitcheannach

Gu dé a tha aca-san 's an amharc a tha creidsinn ann an *Coitcheannas*? Chan urrainn duinn coire sam bith fhaotainn daibh air a' bhonn so. Tha iad a' strì a chum an cinne-daonna a shaoradh o gach olc aimsireil; o thinneas, o bhochdainne, 's o na h-uile suidheachadh a tha ag aobharachadh trioblaid agus truaighe. Chan 'eil neach a tha saothrachadh air a leithid sin de aobhar nach 'eil airidh air éisdeachd.

Tha mu thiomchioll 44,000,000 sluaigh anns an rìoghachd so, agus as an àireamh sin tha 12,000,000, neo mu thuaireann a' cheathramh cuid, o là am breith gu latha 'm bàis ann am bochdainne cho mór 's nach 'eil fhios aca an diugh co as a tha biadh an là màireach a' dol a thighinn. Anns na tioman as fheàrr tha am bitheantas mu thimchioll 500,000 gun chosnadh, daoine calma, làidir, a tha an dà chuid toilcach

oibreachadh, agus comasach gu obair, nach urrain obair fhaotainn. Aig a' cheart àm so tha a' chuis móran na's mìosa do bhrìgh 's gu'n d' fhàg an cogadh mór cuid de rìoghachdan an t-saoghail cho bochd 's nach urrainn daibh na nithean a tha feumail dhaibh a cheannach agus cuid eile cho saibhir 's nach 'eil feum aca air ceannach o rìoghachdan eile. Tha na ceudan de mhiltean aig am bheil cosnadh a' saothreachadh air son duais cho suarach s' gur gann a théid aca air na dh' fhòghnas daibh de aran làthail fhaotainn, gun tighinn air ullachadh a dheanamh air son an seann aois. Feumaidh iad cosg mar a choisneas iad, agus 'nuair a thig an aois tha iad ann an eiseamail dhaoine eile air son an bèò-shlàint. Tha a' chuid mhór de bheairteas an t-saoghail ann an làmhnan àireamh bhig aig am bheil an ionadan-còmhnuidh ann an lùchairtean oirdhearc, "a' caitheadh am beatha gach là gu sòghail le mór ghreadnachas," am feadh 's a tha Lasarus 'n a mhiltean 'n a luidhe aig an dorsan, a' tighinn beò air sbruil-each an duine shaibhir.

Cor brònach nam bochd

Anns na bailtean móra tha na ceudan de theaghlachaichean a' tighinn beò ann an seòmraichean beaga, dorcha, neòghlan, anns nach cuireadh tuathanach còir a chuid mhuc, agus chan iongnadh, 'na leithid sin a dh' aiteachan, ged a tha dlùth air leth cheud as a' cheud de'n chloinn bhig a' bàsachadh mu'n ruig iad bliadhna dh'aois. Bochdainne, briste cridhe, agus truaighe air gach taobh! Am bheil leigheas ann? Am bheil ìoc-shlàint ann an Gilead?

Mur biodh an eucail ann cha bhiodh iarraidh air leigheas. Mur biodh a' bhochdainne ann cha chluinnteadh diog air *Coitcheannas*. 'S aithne do gach neach aig am bheil sùilean 'na cheann gu bheil an eucail ann, agus is e dùrachd gach neach aig am bheil cridhe 'na choluinn gu'm biodh an ìoc-shlàint air a faotainn. Chan ann an airgid a tha maith an t-saoghail a' co-sheasamh ach ann an soirbheachadh agus sonas an t-sluaigh. Tha an rìoghachd sin soirbheachail a tha air a h-àiteachadh le daoine fallain, làidir, a tha toiliche 'n an crannrach, agus tha an rìoghachd sin bochd anns na nithean as luachmhoire (a dh-aindeòin a stòrais), aig am bheil a sluagh anns an t-suidheachadh ìosal 's am bheil sluagh Bhreatuinn an diugh.

Ciod is aobhar do'n t-suidheachadh so? Tha

luchd leanmhuinn na teagaisg air am bheil mi sgrìobhadh a' creidsinn nach biodh bochdainne ann na'm biodh saibhreas air a roinn le ceartas. Mar tha cùisean an t-saoghail an diugh air an riaghladh "tha a' bhéisd as motha ag itheadh na béisd as lugha, 's a' bhéisd as lugha deanadh mar a dh'fhaodas i." Tha am fearann agus saibhreas na tire ann an sealbh àireamh bhig, agus a réir an lagha 's leò fhéin na nithean sin. Is ann as an fhearann agus á saothair an t-sluaigh a tha saibhreas a' tighinn. "Gabhadh," arsa na *Coitcheannaich*, "an Staid sealbh air an fhearann agus air gach inneal eile a tha a' giùlan toradh an t-saibhris, agus air ball bithidh an ioc-shlàint air faotainn." O sin suas feumaidh gach neach obair a dheanadh, chan ann air a shon féin, ach airson maith an iomlain, agus gheibh e a chuid féin co-ionnan ri càch.

Lagh a' Chruth-fhear

A nis na'm biodh e coltach gu'n léighseadh a leithid so de atharrachadh bochdainne an t-saoghail, b'e dleasnas gach neach a bhi strì gus an t-atharrachadh a thoirt mu'n cuairt. Na'm bithinn dearbhata 'n am inntinn gu'n cuireadh an Staid *Choitcheannach* crìoch air struidhealachd, sannt, agus amaideas dhaoine, bu *Coitcheannach* mi o so suas. Ach is i mo bharail, an àite cùisean an t-saoghail a bhi air an ceartachadh, gur ann a bhiodh iad na's mìosa fo leithid so de riaghladh na tha iad a nis. Tha na *Coitcheannaich* ag iarraidh gu'm biodh na h-uile air an aon bhonn, co-ionnan ri càch a chéile, gun deifir suidheachaidh eadar neach agus neach. Cha do dheilbh inntinn duine fhathast, agus cha deilbh, meadhon gu bhli faotainn os cionn nàdur. Tha an Cruith-fhear a' cur deifir eadar neach agus neach, aon ni agus ni eile. "Tha aon ghloir aig a' ghrein, agus gloir eile aig a' ghealach, agus gloir eile aig na reultan." Thèid e os cionn gliocais agus innleachd dhaoine a' ghrian, a' ghealach, agus na reultan a chur air an aon bhonn. Air a' mhòd cheudna tha eadar-dhealachadh am measg dhaoine, air a ghintinn gu daingean ann an nàdur a' Chruthachaidh. Tha iad ann 's an aon chomunn, 's an aon bhaile, 's an aon dachaidh, nach 'eil co-ionnan r'a chéile ann an spionnadh corporra, ann an comasan nàdurra, ann am buaidhean inntinneil, agus gus an cuir thu slughan an t-saoghail air an aon bhonn a thaobh nan nithean sin, bithidh deifir 'n an suidheachadh aimsireil.

Obair gun duais

Tha còir aig gach duine air thalamh gu'm faigh e dha fhéin duais a shaothrach. Thoir air falbh bhò 'n neach as mò a tha cosnadh, cuid d'a chòir, agus bheir thu uait a mhisneach, 's cha dean e uiread obair, no obair cho maith. Aon uair 's gu'n tòisich thu air dearmad a dheanamh air ceartas, an ceann beagain ùine bithidh

saibhreas an t-saoghail air a lughdachadh. Chan e 'n rathad a chum tuilleadh bidh fhaotainn, am biadh a tha ann a dheanamh na's lugha. Cha bhi e chum buannachd do neach sam bith, agus gu sònruichte na do bochdan, gu'm biodh beairteas an t-saoghail a' dol na's lugha, agus ann an Staid *Choitcheannach* is e sin a thachradh. Mar tha cùisean a nis, tha fhios aig na h-uile gur ann mar is fheàrr a dh'oibriceas iad, as mò an duais. Fo'n Staid *Choitcheannach* chan oibrich duine ach mar is fheudar dha, oir tha fhios aige nach fhaigh e ach mar a chi an Staid freagarrach a thoirt da. Cò am fear-oibre as fheàrr, an tràill a tha ag oibrachadh a dh'aindeòin, no esan a gheibh duais a shaothreach? Anns na prìosain agus ann an tighean-nam-bochd tha iad air an cò-éigneachadh gun duais ach biadh is fasnadh, agus chan 'eil an obair a thatar a' deanamh 's na h-àiteachan sin a chum buannachd mòr sam bith.

Cumhachd an t-soisgeil

Ciod ma ta a their sinn? Am bheil an ioc-shlàint idir ann? An suidh sinn sìos le làmhnan paisgte ag aontachadh le cùisean mar a tha iad, agus ag ràdh nach gabh iad ceartachadh? Chan 'eil dol seachad air an fhirinn so, gur e aobhar gach olc air thalamh, olc mhic an duine. Fhad 's a dh' fhanas nàdur an duine gun a bhi air ath-nuadhachadh mairidh bochdainne agus bròn. Chan 'eil leigheas ann airson eucailean dhaoine ach spiorad an t-soisgeil. Tha mi fada o bhi cumail a mach gu bheil a' mhuinntir a tha searmonachadh *Coitcheannais* 'n am mì-chreidmhich, ged nach gabh e àicheadh gu bheil a' chuid mhòr dhiùbh an aghaidh na h-eaglais. Their iad ruinn gu bheil, a réir aidmheil na h-eaglais, an soisgeul a' stri fo chionn còrr agus 1900 bliadhna chum an saoghal a chur ceart, agus gu ruige so gur beag toraidh a tha r'a fhaicim. Theagamh gu bheil tomas de 'n fhirinn aca, ach cha ghabh e àicheadh gu'n atharraich an soisgeul nàdur agus deanadas dhaoine 'nuair a bheir daoine cothrom dha.

Na seann làithean dona

Tha an saoghal an diugh dona gu leòir, ach tha e na 's fheàrr na bha e fo riaghladh Iompaireachd na Ròimhe, 'nuair a bha obair an t-saoghail air a deanamh le àireamh mhòr de thràilleann, gun chòirichean, gun duais, gun fhois. Aig amanna an diugh tha cosnadh duilich fhaotainn, 'nuair a tha malairt an t-saoghail a' meatachadh, ach anns na seann linntean bha amanna gorta ann nach faicear an diugh ach ann an tìrean far nach do bhudhaich an soisgeul. Fuilteach agus oillteil 's mar a tha cogaidhean an là an diugh, tha iad na's fheàrr na cogaidhean nan seann linntean, 'nuair a bhiodh an cinne bu luige air a sgrìos á bith.

Ach a dh-aindeòin gach feàrrd a bhuineas do 'n là 'n diugh, tha an là an diugh dona gu leòir, agus tha e cho dona 's a tha e a chionn 's gu bheil an saoghal ann an tomhas mór ag àicheadh spiorad an t-soisgeil. Thugadh daoine anns gach àite, àrd agus ìosal, geill do'n spioradh so, agus teagaisgidh e do gach neach gur esan fear-coimhead a bhràthar; gur e cleasnas gach duine ceart a bhràthair a dhìon a bhochdainne, cò dhùibh a tha sin air aobharachadh le èucoir an duine shaibhir, no le ddomhanas, aineolas, no amaideachd an duine bhochd. Teagaisgidh e dhaibh-san a tha bearteach gu bhì rannsachadh a mach cionnus a fhuair iad am beartas, agus carson, agus

teagaisgidh e do na h-uile gur ni ole a bhì struidheadh an cuid air faoimeis agus air truaillidheachd an t-saoghail.

Tha feum aig an t-sluagh uile, àrd agus ìosal, a bhì air an teasairginn o shannt, o fhéinealachd, o mhì-rùn, o nàimhdeas, o chion iochd, o chruas-cridhe, agus chan e *Coitcheannas* a nì sin ach spiorad an tì a chaidh mu'n cuairt, a' deanamh maith. Thug an soisgeul cheana tiodhlacan do-labhairt do'n chinne-daonna. Tha e comasach air doimhneachdan as ìsle ann an nàdur an duine a ruigheachd na lagh sam bith a nithear le daoine. Is e an soisgeul a shaoras rioghachdan o'm peacanna mar a shaoras e daoine leth fa leth.

Comharradh an duine dhiadhaidh

Tha tlachd aige ann am Facal an Tighearn.

Tha e daonnan a' beachd-smuaineachadh air.

ANN an sùilean nan creidmheach tha am Biobull na's prìseile na leabhar air bith eile a chaidh riamh a sgrìobhadh. Tha e dhaibh 'n a aran na beatha; tha e dhaibh 'n a lorg agus 'n a sholus; tha e dhaibh 'n a chlaidheamh. Le sailm an leabhair so molaidh iad Dia ann an làithean an sonais; le geallaidhean an leabhair so neartaichidh iad an eridheachan ann an là na trioblaid; le claidheamh an leabhair so cuiridh iad ruaig air an nàmhaid ann an là a' bhuairidh. Tha e 'n a thobar slàinte as am bhì iad daonnan a' tarraing uisge le h-aoibhneas. Tha saoihbreas do-rannsaichte ann an Facal an Tighearna; an duine as fhaide a tha 'g a rannsachadh gheibh e seudan ùra ann. Tha buaidh aige air inntinnean dhaoine nach 'eil aig leabhar eile air an t-saoghal, agus mar is motha tlachd dhaoine ann is ann as motha a gheibh iad ann. An uair a chrìochnaich an t-Urramach Tearlach Spurgeon nach maireann am fear mu dheireadh de na seachd leabhraichean móra a sgrìobh e mu na Sailm, thubhairt e, "Tha mulad orm a bhì fàgail Sailm Dhaibhidh, oir chan 'eil air thalamh tigh-stòir eile as beartiche nà iad. Bu shona da-rìreadh na làithean a chuir mi seachad a' beachd-smuaineachadh orra, a' creidsinn, agus a' moladh, agus a' deanamh gàirdeachais maille ri Daibhidh. Chan 'eil fiughair agam gu'n cuir mi seachad làithean eile cho sona air an taobh so de'n uaigh."

Ann am feasgar annoch a bheatha sgrìobh an t-Ollamh Alasdair Mac Ille Bhàin, an Dùnéideann, an litir so gu Seumas Robertson, D.D., fear d'a chàirdean an measg mhinistearan na h-eaglais Stéidhichte.

"Mòran taing dhuit air son do litreach, a bhràthair. Tha mise mòran na's brèòite na thusa. A thaobh m' anama agus mo spioraid, tha mi a' toirt thairis nan làithean a thug Dia dhomh ann am feasgar fann mo bheatha gu bhì ag ullachadh mo chridhe fhéin agus a' gabhail cùraim do m' fhion-lios féin. Na sgrìoburan as am bithinn a' deanamh shearmon do dhaoine eile, Daibhidh, agus Isaiah, agus Pol, tha mi a nis 'gan tionndadh air mo chridhe féin agus a chum leas m' anama féin. Tha mi nis na's cinntiche na bha mi riamh gu'n do ghairmeadh mi a chum eòlas fhaotainn air plàigh mo chridhe féin, agus a chum spàirn a dheanamh gus eòlas fhaotainn air Dia, agus air a mhac, agus air cumhachd an t-soisgeil a shearmonaich Pol. Agus is e m' ùrnuigh a h-uile maduinn,

O m' anam feith gu faighidheach

Ri Dia a mhàin mar chleachd.

Oir ann-san tha mo mhuinghinn threum,

'S mo dhòchas féin gu beachd.

An uair a bhios tusa dlùth ri Dia, agus tha fhios agam gu bheil thu dlùth dha a ghnàth, cuimhnich m' ainm-sa, a charaid."

Athchuinge

O cuir do Spiorad nuas is sgrìobh
Do lagh air clàr mo chridh,
Na leig do m' theanga bhì ri ceilg
No cainnt a thogas strì.

Réir t' Fhacail treòraich féin mo cheum;
Mo chridh cùm saor o ghò;
Na faigheadh peacadh 'n uachdar orm,
Is gléidh mo choguis beò.

Am Màrt

Cuairt na Gealaich

A' cheud cheathramh, 4mh là
An solus làn, 12mh là

An ceathramh mu dheireadh, 18mh là
An solus ùr, 26mh là

“Oir b' i àithne an rìgh mu'n timchioll gu'm biodh cuibhrionn àraidh air an son,
a dh'lighe féin air gach là.”—NEHEMIAH, xi. 23.

- | | | | |
|-----------------|---|-----------------|---|
| 1. Di-ciadaoin | Am fearnach cuir 's a' Mhàrt is anmoch a bhuaineas e. | 18. Di-Sathuirn | Chan 'eil thachd aig Dia ann an amadain.—Eccl. v. 4. |
| 2. Di-ardaoin | Gach ni 'n a thràth. | 19. Di-Dòmhaich | Chan 'eil thachd agam ann am bàs an tì a bhàsaicheas, tha an Tighearna ag ràdh; uime sinn pil-libh agus mairibh beò.—Esekiel xviii. 32. |
| 3. Di-haoine | Am fear a bhios fada gun éirigh bidh e 'n a leum fad an latha. | 20. Di-Luain | Is fuar an leaba an cladh. |
| 4. Di-Sathuirn | Am fear nach dean obair no gnìomh chan fhaigh e biadh feadh nam preas. | 21. Di-Màirt | Oir saothair, seòl, no obair ghlic,
Cha deanar leat gu bràth fo'n lic. |
| 5. Di-Dòmhaich | Bha aobhneas orm an uair a thubhairt iad rium, Do thigh an Tighearna théid sinn.—Salm cxxii. 1. | 22. Di-ciadaoin | Am feadh 's a mhaireas là nan gràs.
Faodaidh gach neach dol as o'n bhàs. |
| 6. Di-Luain | Camshronaich bhog an ime. | 23. Di-ardaoin | Is sona an sluagh d' an Dia an Tighearna.—Salm cxliv. 15. |
| 7. Di-Màirt | Cha bhi gean air Granntach gus am faigh e lite. | 24. Di-haoine | Is sona an duine a dh' amaiseas air gliocas, agus am fear a gheibh tuigse.—Gnath-Fhocail, iii. 13. |
| 8. Di-ciadaoin | Spagadaghiog Chlann Dòmhnúill is leòm nan Leath-anach. | 25. Di-Sathuirn | Is fheàrr an fhìrinn na'n t-òr. |
| 9. Di-ardaoin | Casa tioram Chlann an Tòisich. | 26. Di-Dòmhaich | Coinnichidh mise riut agus labhraidh mi riut o uachdar na cathair - thròcair.—Eesodus xxv. 22. |
| 10. Di-haoine | Muileach is Ileach 's an Deamhan,
An trìùir is miosa 's an domhan. | 27. Di-Luain | Nàdur circe is nàdur mnatha,—gabhadh iad an rathad féin. |
| 11. Di-Sathuirn | Is miosa am Muileach na'n t-Ileach
Is miosa an t-Ileach na'n Deamhan. | 28. Di-Màirt | A thoil féin do gach duine 's an toil uile do na mnathan. |
| 12. Di-Dòmhaich | Iadsan aig an robh deamhain anna, shlànuich e iad.—Mata iv. 24. | 29. Di-ciadaoin | Chan aithne dhuit duine gus am bi do ghnothuch ris. |
| 13. Di-Luain | Cho fada 's a' cheann 's a bha Fionn 's na casan. | 30. Di-ardaoin | Is duine còir e ach na h-iarr dad air. |
| 14. Di-Màirt | Ceann mór is amhach chaol, aogas an droch ghamhna. | 31. Di-haoine. | Tha an càirdeas mar a chumar e. |
| 15. Di-ciadaoin | Casa caola Chloinn Mhic Leòid. | | |
| 16. Di-ardaoin | Ann an casan fir cha ghabh Dia tlachd.—Salm. cxlvii. 10. | | |
| 17. Di-haoine | Amhaireidh an Tighearna a steach air a chridhe.—1 Sam. xvi. 7. | | |



A Chathair-thròcair

(*Searmon comanachaidh an eaglais Bhlàir an Adholl*)

Coinnichidh mise thu an sin, agus labhraidh mi riut o uachdar na cathair thròcair.—ECSODUS XXV. 22.

DIA a labhair o shean ris na h-aithrichean leis na fàidhean, tha e a' labhairt ruinne an diugh tre a Mhac. Tha e a' labhairt ruinn gu sònruichte tre bhàs a Mhic, oir leis na samh-laidhean sin a tha nis m' ar coinneamh air a' bhòrd tha Dia ag ràdh ruinn, *Coinnichidh mise thu an so, agus labhraidh mi riut o uachdar na cathair-thròcair.* Ciod eile a tha ann an crann-ceusaidh an t-Slànuigh air ach cathair-thròcair Dhe, far a bheil Dia a' cur folach air ar cionta?

Pheacaich sinne uile an aghaidh Dhe, is tha aobhar eagail againn na'n comharraicheadh e aon as a mhìle d'ar peacaidhean, ach aig Dia tha tròcair agus mòr shaorsa, is tha e a' coinneachadh ruinn an diugh chan ann aig cathair-bhreitheanais ach aig cathair-thròcair. Cò an Dia ann a tha cosmhuil ris-san, a mhaithas aingidheachd, agus a ghabhas seachad air easaontas iarmaid 'oighreachd, oir ar Dia-ne cha ghléidh e a chorruich gu sìorruidh a chionn gur toigh leis tròcair?

O molaibh Dia oir tha e maith,
Sìor mhairidh tròcair Dhe;
Abradh clann Israeil a nis
Gur buan a ghràs gach rè.

Tigh Aaroin abradh iad a nis,
Sìor mhairidh tròcair Dhe,
Abradh an dream d' an eagal Dia,
Gur buan a ghràs gach rè.

Dh' fhoillsich Dia e féin air iomadh dòigh o thòisich e air labhairt r'a chloinn an toiseach, ach anns gach foillseachadh a rinn e air féin riamh, o òg-mhadainn an t-saoghail gu ruige na làithean deireannach so, tha e 'g a' fhoillseachadh féin mar Dhia tròcaireach aig a bheil a thlachd uile ann an teàrnadh a shluagh. Sin an Dia ris a bheil ar gnothuch-ne an diugh, Dia tròcaireach; agus sin aobhar ar mìsnich aig a' bhòrd naomh so, gu'n do gheall e coinneachadh ruinn an so, agus labhairt ruinn o uachdar na cathair-thròcair. A bheil ar cridheachan-ne deas gu co-chomunn is conaltradh spioradail a bhi againn ri Dia? An tàinig sinn do'n ionad naomh leis an dùrachd so agus leis an fhacal so 'n ar cridhe, "Cluinnidh mi ciod a their Dia an Tighearna, oir labhraidh e sith r'a shluagh?" No an tàinig sinn ann ag ràdh 'n ar cridheachan mar thuirt clann Israeil ri Maois, "Labhair thusa ruinn, agus éisdidh sinn, ach na labhradh Dia ruinn, air eagal gu'm faigh sinn bàs." Mar gu'n abradh iad ris, Is aithne dhuinn do ghuth-

sa; cha chuir e eagal no dragh oirnn, ach cò dh'fhaodas guth an Tighearna a ghiulan?

Sin agaihb an t-eagal a tha ann an cridhe an duine nàdurra roimh Dhia naomh, agus an t-eagal a tha eadhon aig daoine maith roimh spioradalachd na beatha sin gus a bheil Dia 'g an gairm. Shaoileadh tu gu'm biodh iad toilichte facal Dhe a chluinntinn le'n cluasan féin, gun e thighinn thuca tre dhuine eile; shaoileadh tu gu'm bu mhaith leò coinneachadh ri Dia, aghaidh ri aghaidh, ach tharruing iad air an ais le uamhunn roimh fhiosrachadh sòluimte agus roimh fhiosrachadh spioradail de'n t-seòrsa sin, oir bha eagal 'orra nach b' urrainn dhaibh a ghiulan. Tha a' cheart ni so a' seasamh eadar Dia agus daoine fhathast, an t-eagal a tha aig daoine roimh 'n *bheatha naoimh* agus roimh spioradalachd na diadhaidheachd; b' fheàrr leò a bhi air an teàrnadh le deas-ghnàthanna o'n taobh a muigh; le làghannan is riaghailtean is baisteadh is òrduighean eile a ghabhadh deanamh le tòil na feòla seach coinneachadh ri Dia agus a ghuth a chluinntinn. Ach tha Dia 'gar gairm-ne an diugh gu co-chomunn spioradail ris féin, agus bu maith dhuinn coinneachadh ris, eadhon ged nach b' urrainn dhuinn ar cinn a thogail as an duslaich an làthair a naomhachd. Naomh, naomh, naomh, tha thusa, O Thighearna ar Dia.

Am measg dhòighean eile anns an d' fhoillsich Dia e féin do chloinn Israeil dh' fhoillsich e a ghlòir, agus a mhórachd, agus a naomhachd dhaibh anns a' phàilliuinn, ionad naomh a chòmhnuidh, anns an robh gach ball de'n airneis, cùirteinean agus ceruban agus an t-òr fìor-ghlan, a' labhairt riu agus a' teagasg dhaibh gu bheil Dia naomh, naomh, naomh, agus gur còir do dhaoine teachd 'n a làthair le urram agus eagal diadhaidh. Anns an ionad ro naomh bha gach ni a chitheadh an t-sùil a' samhlachadh glòir is naomhachd an Tighearna, àire na Fianuis agus na ceruban òir a bha sìneadh an sgiathan os a cionn, ach am measg nan nithean sin uile air an robh NAOMHACHD DO'N TIGHEARNA air a ghearradh, bha a' chathair-thròcair a bha eadar na ceruban a' togail fianuis gu bheil an Tighearna Dia iochdmhor agus gràs-mhor, fad-fhulangach, agus pailt ann an coibhneas. Ach is ann ann an dearbh àite anns a bheil Dia a' toirt na fianuis sin uime féin a tha e ag iarraidh oirnn coinneachadh ris a chum gu'n labhair e

ruinn. C'àite eile an urrainn daoine peacach còmh-dhail a bhi aca ris an Tighearna ro naomh ach aig a chathair-thròcair ?

Chan 'eil aon eile de bhudhan an Tighearn air a bheil luaidh air a dheanamh cho tric anns a' Bhìobull 's a tha luaidh air a dheanamh air a thròcair. Tha an salmadair agus na fàidhean agus na h-abstol ag àrdachadh thròcair Dhe mar gu'm biodh iad a' faotainn tlachd sònruichte ann a bhi socruchadh an àire air truacantas a nàduir. Chan 'eil sin iongantach, oir bha fhios aca nach 'eil àite-seasmach aig a' pheacach an làthair an De naoimh air bhonn air bith eile ach air a' bhonn gu bheil Dia thròcaireach.

Is ann an tròcair Dhe a mhàin,
A ta ar muinghin threun;
A thròcair shaor an anma traugh,
'S ghlan uainn gach ciont' is beud.

Annas a' Bhìobull cluinnear an dà chuid glaoth is osnaichean is ùrnuighean nan naomh agus nam peacach; ach co dhù a tha ann peacach a' glaothach ri Dia 'n a éiginn, no naomh a' glaothach ris 'n a aithreachas, is ann air a thròcair a tha iad a' gairm, agus is ann 'n a thròcair a tha an dòchas uile. "Dian thròcair oirnn, a Dhe, dean thròcair oirnn."

An uair a bha an duine maith ud, Iain Brùn, an lighiche caomh an Dun-éideann, a' tarruing dlùth ris a' bhàs thubhairt e, "Chan 'eil acarsaid as urrainn mo bhàta-sa a dheanamh a nis ach an acarsaid sin d' an ainm *Tròcair Ard-uach-daranail Dhe*." B'e an earrann a bu docha leis anns a' Bhìobull an rann ud ann an litir Choitichionn an abstoil Iudais, "Coimhidibh sibh féin ann an gràdh Dhe, le sùil ri thròcair an Tighearna Iosa Chrìosd chum na beatha mair-eannaich." Theagamh nach robh an dotair caomh a bha uair-eigin an Druim-tochdaidh cho eòlach air na Sgrìobtaran ri Iain Brùn, ach an uair a thàinig esan a dh' ionnsuidh an aiseig dheireannaich e féin b' e an aon ùrnuigh a bha 'n a chridhe, "A Tighearna, dean thròcair orm-sa a tha am pheacach."

Sin ùrnuigh a tha freagarrach dhuinn uile, peacaich is naoimh mar tha sinn ann; ùrnuigh a tha freagarrach dhuinn gach là anns a' bhliadhna ach a tha freagarrach dhuinn gu sònruichte air Sàbaid a' chomanachaidh, an uair a tha na samh-laidhean naomh a tha m' ar coinneamh air a' bhòrd a' bioradh agus a' rannsachadh ar coguis, oir tha iad ag innseadh dhuinn ann an dòigh shòluimte gu'n do dhòirt an Slànuighear naomh fhuil air a' chrann-cheusaidh air ar son-ne. Agus o'n là anns an do rinn e sin is e crann-ceusaidh Chrìosd a' chathair-thròcair aig Dia air thalamh, agus is e sin an t-àite anns a bheil e ag iarraidh oirne còinneachadh ris an diugh chum gu'n labhair e sìth ruinn. An uair a tha Sàbaid a' chomanachaidh cho mhaith ri Facal an Tighearna ag iarraidh oirne còmh-dhail a chumail ri Dia aig

bonn a' chroinn-cheusaidh, nach bu shona na'n abradh an luchd-comanachaidh uile le dùrachd 'n an cridhe,—

Tha mi tighinn, a Dhe
Thugad féin mo Rìgh,
Nìgh mi; glan mi anns an fhuil
A shruth air Calbhari.

Chan 'eil cathair-thròcair ri fhaicinn le ar sùilean anns an eaglais so mar bha i anns a' phàillion anns an tim o shean; dh' fhalbh na ceruban, is àire na Fianuis, agus na nithean eile leis an robh Dia a' labhairt ri cloinn Israeil anns na làithean ud, ach ged dh' fhalbh na samh-laidhean sin dh' fhan, agus fanaidh, agus mairidh gu bràth, na nithean air an robh iad 'n an samh-ladh, thròcair agus maitheas Dhe. Tha a thròcair-san o shìorruidheachd gu sìorruidheachd. Tha crann-ceusaidh Chrìosd 'na chomharradh as dìoginholta air thròcair Dhe na chathair ud a dh' òr fìor-ghlan anns a' phàillion, oir a mach o Chrìosd, chan 'eil ann an Dia ach DIA NEO-AITHNICHTE. A mach o Chrìosd, cha d' fhuaras eòlas cinnteach riamh air Dia, air a nàdur no air a ruinatean, oir is e spiorad Chrìosd a bha labhairt eadhon ann an aithrichean agus ann am fàidhean an t-seann t-saoghail. Gus am faicear Dia ann an cruth agus ann an corp a Mhic, a' coimhlionadh ministrealachd na thròcair ann measg a' chloinne air thalamh, cha tuigear gu bràth ciod e Dia, no ciod e ainm. Ach an uair a sheasar aig bonn a' chroinn-cheusaidh air Calbhari, agus a chithear *Dia ann an Chrìosd* air a chuartaichadh le madraidh an t-saoghail, agus air a dheanamh 'n a mhasladh am fianuis dhaoine; an uair a chithear e a' fulang àmhghar gun ghearan, agus a dòrtadh a mach anama gu bàs an éiric pheacach, anns an là sin theirear, "Feuch, is e so ar Dia-ne; is e so an Tighearna; dh' fheith sinn ris agus ni sinn gairdeachas 'na shlàinte."

O m' anam feith gu foighidneach -
Ri Dia a mhàin mar chleachd
Oir ann-san tha mo mhuinghinn threun,
'S mo dhòchas féin gu beachd.

O phobull cuiribh ann an Dia
Bhur dòchas anns gach àm;
'Na fhianuis dòirtibh mach 'ur cridh'
'S e Dia ar tearmunn ann.

Nach ann againe a tha an Dia thròcaireach, agus am Fear-saoraidh thròcaireach; Dia agus Fear-saoraidh 'n an aon, oir bha Dia ann an Chrìosd a' deanamh an t-saoghail réidh ris féin, agus dh' earb e ruinne facal na réite. Dia a labhair cheana facal na réite ruinn air iomadh dòigh, 'n a shoigeul agus 'n a fhreasdal, tha e a' labhairt an fhacail sin as ùr ruinn an diugh leis na samh-laidhean naomha a tha foillseachadh bàs an Tighearn; ris gach aon de'n luchd-comanachaidh a tha 'n an suidhe aig a' bhòrd tha e ag ràdh an diugh a ris, *An so coinnichidh mise riut agus labhraidh mi riut o uachdar na cathair-thròcair*.

Comunn Gàidhealach nam Ban

THA gineal ùr ag éirigh suas an diugh anns a' Ghàidhealtachd do nach aithne Miss Abercrombie, ach bha uair ann a chiteadh Miss Abercrombie air bàtaichean Mhac Brayne, a' dol a mach do na h-Eileanan, cho tric 's a chithear an diugh orra urracha mór agus beag o Bhòrd an Fhearainn. Boirionnach beag anns an robh misneach is caomhalachd, diadhaidh-eachd is uaisle, gaisgealachd is banalachd, a' pogadh beul ri beul; boirionnach aig an robh gaol air muinntir nan Eileanan a chionn gu robh gaol aice air Crìosd, agus a bha 'n a màthair do cheudan de Ghàidheil òga,—b' e sin Miss Abercrombie. Rinn i féin agus Miss Rainy, agus an fheadhainn eile a bha cuideachadh leò, obair mhór is mhaith anns a' Ghàidhealtachd nach bu chòir a leigeil air dèichumhne. Is tha an obair sin a' dol air aghaidh fhàthast.

Bha Comunn Gàidhealach nam Ban anns an t-seann eaglais Shaoir air a chur air chois ann an 1850, agus faodar a ràdh gur e an dùrachd a bha 'n an eridhe a thaobh muinntir nan Eileanan an ùrnuigh a bha ann an cridhe an t-Salmadair,

Dhia t' fhirinn is do sholus glan
Leig thuca iad a mach.

Chuir iad air chois sgoilean ann an àitean iomallach, anns an robh a' chlann air an teagasg mar bu bhitheanta le oileanaich òga a bha 'g an ullachadh féin airson dreuchd na ministrealachd; air an teagasg an Gàidhlig agus am Beurla. O thoisich gu deireadh bha mu thimchioll ochd fichead de na sgoilean sin air feadh na dùthcha; an Uidhist; anns na h-Earadh; an Leòdhas; anns an eilean Sgitheanach; agus aig aon àm bha seachd fichead ministear anns an eaglais Shaoir a theagaisg anns na sgoilean sin. An déidh làimhe, an uair a thàinig Achd nan sgoilean a mach ann an 1872, agus a ghabh an Staid os làimh uile chlann na dùthcha a theagasg, bha a' chuid mhór de na sgoilean sin air an liubhairt thairis do Bhòrd nan sgoilean, ach bha iad air an cumail air an aghaidh an sud 's an so, gu sònruichte ann an àitean iomallach far nach robh dòigh eile aig balaich thapaidh air Laideann is Gréigis ionnsachadh.

Ach mar dh' fhalbh feum air sgoilean thòisich Comunn Gàidhealach nam Ban air obair eile; thòisich iad air banaltruman a chuir do sgìreachdan farsuing anns na h-Eileanan, far nach 'eil e furasda do dhotairean feum a dheanamh as eugmhais bhanaltruman a chuidicheas leò. An sgìre Bharbhais, an Leòdhas, chan 'eil ach aon dotair, ach chuir an Comunn so còig banaltruman ann. Sin agus fichead rud eile tha iad a' deanamh. An uair a dhùineas aon dorus orra, fosglaidh iad dorus eile.

An uair a bha Bòrd na Slàinte air a chur air chois leis an Staid, agus a thòisich iadsan air dotairean is banaltruman a chur do'n Ghàidh-

ealtachd leig Comunn nam Ban seachad an obair sin, agus thòisich iad air boirionnaich a chur a chuideachadh mhinistearan ann an sgìreachdan farsuing; boirionnaich a labhradh ri màthraichean, a theagaisgeadh ann an sgoilean-Sàbaid, a ghleidheadh coinneamhan air uairean, agus a bhiodh feumail do mhinistearan an iomadh dòigh eile. Tha cho mhaith ri deich dhiubh sin ag oibreachadh anns na h-Eileanan an diugh, is tha iad uile a' deanamh obair a tha feumail anns an eaglais, té an Uidhist; té an Ile; trì 's an eilean Sgitheanach, is còig an Leòdhas.

Tha té dhiubh ag obair am measg na h-òigridh anns an Ard-sgoil an Steòrnabhagh. Tha cho mhaith ri ceud gu leth de chloinn bhàrr na dùthcha a' fuireach ann am baile Steòrnabhagh, cuid dhiubh gu maith ònrachdach ann an cuiltean beaga leò féin, is cuid eile còmhla ann an osd-thigh; ach cò dhiubh a tha iad còmhla no leò féin, tha e ceart gu'm biodh boirionnach glic a' gabhail cùram dhiubh, agus a' feuchainn ris gach ni a dheanamh air an son a dheanadh am bràthair no am piuthar féin.

Anns an t-sàmhradh tha oileanaich òga air an cur a mach leis a' Chomunn so do àitean iomallach far nach fhaicear ministear no thrìc; tha na h-oileanaich òga sin a' searmonachadh agus a' teagasg ann an sgoilean-Sàbaid, agus aig a' cheart àm ag ionnsachadh an dreuchd agus a' cosnadh airgid a chuireas troimh 'n Chollaist iad.

A thuilleadh air sin tha an Comunn a' cur mòran leabhraichean do na h-Eileanan o cheann gu ceann de'n bhliadhna; ach co dhiubh is e leabhraichean, no oileanaich òga, no bana-mhissionairidh, a tha iad a cur a mach, tha iad uile air an coisrighidh do Dhia le h-ùrnuigh, agus air an leantuinn le ùrnuighean is eadarghuidhe nam boirionnach a tha cruinn a h-uile seachduin, aig dà uair dheug, Di-Màirt, an eaglais an Naomh Aindreas, an Dùn-éideann.

Tha mòran dhaoine anns an taobh déas bàigheil ris an obair a tha an Comunn so a' deanamh; am bi muinntir na Gàidhealtachd agus nan Eileanan iad féin cho maith agus gu'n iarr iad beannachd an Tighearna air na daoine sin? Agus am bi iad cho maith cuideachd agus gu'n toir iad tabhartas beag air chor-eigin do'n Chomunn; gu sònruichte Gàidheil òga leis an do shoirbhich Dia anns an t-saoghal?

Ma chuireas iad fios gu Miss S. M. Nic Phàil, an dara cuid, gu 54 Blacket Place, no gu 121 George Street, an Dùn-éideann, bheir i dhaibh fiosrachadh air bith a tha dhith orra mu obair a' Chomuinn. Is e ise a tha nis air cheann na h-oibre, is cha mhór dhaoine anns an dùthaich aig a bheil còir as fhèarr na tha aice-se air an ainm *Bana-charaid nan Gàidheal*.

Ann an a' Choille Bheithe

Ri mo cheud chuimhne cha robh ach glé bheag de mhuintir Chille-sgumain nach faicteadh nair no uair-eigin anns an eaglais, ach an diugh tha gu leòir de dhaoine an Cille-sgumain nach fhacas anns an eaglais o dh'fhàg iad an sgoil Shàbaid. Uair-eigin de'n t-saoghal cha saoleamaid gu'm bu Chrìosduidh duine air bith a bha deanamh dearmad air aoradh follaiseach an Tighearna, ach a nis chan e mhàin gu bheil móran a' deanamh dearmad air aoradh na h-eaglais is co-chomunn nan creidmheach, ach their iad riut nach 'eil iad a' call dad le bhi seachnadh na h-eaglais. Chan 'eil mise a' creidsinn sin, ach an àite dèasbud a dheanamh mu'n chùis, innsidh mi naigheachd; naigheachd mu thuathanach a leig Dia air dichuimhne ann am bliadhnachan a' chogaidh.

Bha fearann mór aig a dhaoine o thàinig na ciobairean Gallda do'n Ghàidhealtachd an toiseach; thàinig a shin-shin-seanair o'n chrìch Shasunnaich do Earra-Ghàidheal, ach am beagan ùine dh'ionnsaich e cainnt na dùthcha is phòs e té de nigheanan na dùthcha, agus m' an do shiubhail e bha e air a dheanamh ris an dùthaich mar gu'm beirteadh innte e.

Aig toiseach a' chogaidh b' e an gille so air a bheil mo naigheachd a bha ann am fearann a shìnsre an Cille-sgumain, gabhail mhór air an robh còig seisrichean a thuilleadh air dà mhìle caora, ach coltach ri cho-aoisean eile chaidh e do'n chogadh is bha e anns an Fhraing gus an do ghuir e.

An uair a thàinig e dhachaidh bha a leithid de phrisean air crodh is eich is caoraich, air siol is buntàta, 's nach b' urrainn e gun airgiod a dheanamh 'n a thorrann, ach cleas iomadh fear eile, shaoil e gu robh na làithean maith ud a' dol a mharsainn gu bràth, is thòisich e air a chasan agus a sgiathan a sgaoileadh. Cha b' fhiach leis an caitheamh crionna a bha aig na bodaich Ghallda o'n tàinig e, caitheamh crionna is obair throm; dh'fheumadh e bhi suas ri uaislean na siorramachd, is cha robh spleadhraich no bàl eadar an t-Oban is Ionar-nis is Struidhla anns nach robh e air cheann na cuideachd, gun chaomhnadh air airgiod.

Ann an 1919 phòs e nighean bancair an Ionar-nis; an uair a sheas iad air beulaibh a' mhinisteir anns an Eaglais Ard an Ionar-nis, far an robh iad air am pòsadh, bha e air a ràdh nach fhacas càraid cho gasda riu ach annamh riamh.

* * * * *

Fad cheithir bliadhna bha an tuathanach ud agus a bhean mar gu'm biodh iad ann an nèamh le sonas. Eadar an gaol a bha aca air a chéile, agus an gaol a bha aca air dannsadh, agus an gaol a bha aca air iad féin a chluich, bha am

beatha mar gu'm biodh là fada sambradh. Cha robh ni air an t-saoghal anns an amharc aca ach toilinntinn fhaotainn dhaibh féin; thubhairt iad 'nan cridheachan mar a thubhairt an rìgh a bha ann an Ierusalem, gu'n iarradh iad subhachas agus aoibhneas chloinn nan daoine. Cha do chum iad bhuapa féin rud air bith a mhiannaich an sùilean, ach cha robh smuain idir aca air doilghiosan dhaoine eile. Bha iad cho sona iad féin agus cho trang ag iarraidh subhachais 's nach robh ùine aca smuaineachadh air dad eile.

Bha iad le chéile òg; sunnach 'n aninntinn is eireachdail 'n an coltas; bha gu leòr de airgiod aca is tigh mór farsuinn anns an robh aighear is biadhtachd gun ghainne; mar sin cha robh cion chompanach orra. Air an t-Sàbaid cha robh ùine aca dol do'n eaglais oir bhiodh iad air falbh o'n tigh fad an là anns a' charbad-ùillidh; air làithean na seachduin cha robh ùine ach uiread is sùil a thoirt air obair a' bhaile, oir mur biodh iad a' cluich golf anns an Oban bhiodh iad a' cluich tennis anns an Apuinn, air neo bhiodh iad aig peàrta an Cill-Mhàrtainn. Bha riaghladh a' bhaile agus riaghladh an tìghe ann an làmhnan sheirbhiseach; bha am maighstir agus a' bhan-mhaighstir cho trang ri cluich 's nach robh ùine aca an aire a thoirt air an gnothuch, agus mu dheireadh cha robh iarraidh aca air rud air an t-saoghal ach iad féin a chluich. Dà dhealan-dé, ma chunnaic tu riamh iad.

* * * * *

Ach thàinig crìoch air a' chluich an dòigh ris nach robh dùil aca. A dh'aindeoin gu robh bean an tuathanaich àrd is làidir is eireachdail bha gaoid air chor-eigin 'n a h-aoiribh; leis na bha i a' deanamh de chluich thàinig a' ghaoid am follais. An uair nach b' urrainn an dotair aca féin dad a dheanamh a chuireadh am feabhas i, chaidh iad gu dotair anns an Oban; an uair nach do rinn esan feum dhi chaidh iad gu dotair an Dùn-éideann; chrath esan a cheann is thubhairt e gu'm feumadh i dol troimh operation. An sin thuit a' ghrian as na speuran aca.

An uair a dh'fhàg iad tigh an dotair agus a bha iad leò féin a ris thòisich i air caoineadh, is cha do ghuir i de chaoineadh fad na seachduin sin a bha iad 'g a h-ullachadh air son na h-opération. Bha eagal a' bhàis oirre. Cha b' urrainn i cadal le bhi smuaineachadh air a' bhàs; an uair a smuainicheadh i air a' bhàs rachadh i a chaoineadh; o chaoineadh rachadh i gu meacanaich. "O," ars' ise, ris an duine, "nach innis thu dhomh ciod a dh' éireas dhomh aig uair mo bhàis; a bheil fhios agad, no an aithne dhuit ciod is còir dhomh a dheanamh?"

Ach cha robh fhios aige-san; cha do smuainich e riamh air a' bhàs, no air ciod a tha 'n a dhéidh. Bha e cho trang 'ga chluich fhéin 's nach do shocruich inntinn riamh air rud a bha cho fada air falbh ris a' bhàs. Bhiodh e air uairean a' dol gu tiodhlacadh dhaoine eile, ach ma bhithheadh, cha do smuainich e riamh mu'n bhàs ach mar rud ris nach robh gnothuch air bith aige-san, is bhiodh fadal air gus am biodh an t-seirbhis aig an uaigh crìochnaichte, agus am faigheadh e air falbh gu golf no tennis. Anns an Fhraing chunnaic e ceudan d'a chompanaich air am marbhadh, mar gu'm biodh coineanaich air an tilgeil le geamair, is bhithheadh e air uairean a' cluinntinn cuid de na saighdearan ag ràdh gu robh anam an duine neo-bhàsmhor, ach ma bhithheadh, cha robh ann ach fuaim 'n a chluais is cha do leig e le inntinn socruchadh riamh air a' ehuìs. Ach a nis bha am bàs 'n a rud dlùth agus 'n a rud draghail dha; a bhean d'an tug e gaol cho mór, an companach sona do nach do dhùilt e dad a dh' iarr i riamh air,—bha i 'n a uchd, a' meacanaich le eagal a' bhàis, agus ag iarraidh cuid-eachaidh is comhfhurtachd, ach cuideachadh no comhfhurtachd cha robh aige ri thoirt dhith!

Dh' iarr i air ùrnuigh a dheanamh, ach cha b'urrainn dha; cha robh fhios aige ciod a theireadh e, no co ris a bhruidheadh e. Fad bhliadhnachan bha e cho trang 'ga chluich agus 'ga thoileachadh féin 's nach robh ùine aige uiread agus a bheic a dheanamh do Dhia no do dhiadhaidheadh; is cha mhò a rinn. Ach a nis, an uair a' bha feum aca le chéile air Dia agus air dòchas is comhfhurtachd na diadhaidheadh, bha e mar dhuine ann an ceò. Rud brònach is rud muladach da rìreadh, gu'm biodh caidreamh dlùth is companas sòlasach eadar fear agus bean, 'n an cluich agus 'n an subhachas, ann an nithean beaga an t-saoghail, ach nach

biodh co-chomunn spioradail aca ri chéile an uair a tha trioblaid a' tighinn thuca agus a tha tonnan gàbhaidh a' dol thairis orra! Ach sin mar thachair do'n chàraid ghaolaich ud; bha co-chomunn inntinn aca 'n an subhachas ach cha robh co-chomunn anama aca 'n am fulangas. Dhealaich iad air stairsneach an tigh-eiridinn agus gun fhacal no smuain 'n an cridheachan a bheireadh misneach no comhfhurtachd dhaibh ri aghaidh an fhreasdail a bu shòluimte agus a bu sheirbhe 'n am beatha.

* * * *

An ceann dà latha bha i marbh. Thug e a corp dhachaidh do Chille-sgumain, ach co aige a tha fhios ciod a bha 'n a inntinn, no an robh e a' cluinntinn nam briathran idir, an uair, a leugh an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., iad, agus e 'na sheasamh aig ceann na ciste aig an doras,

Thoir fios dhomh, a Thighearna, air mo chrìch, agus tomhas mo làithean ciod e, chum gu'm bi fios agam cia gearr mo rè. Gu deimhin tha gach duine a' suibhal ann an samhladh dìomhain; càrnaidh neach suas beartas, gun fhios aige cò mheallas e.

Cuimhnich a nis do Chruithear ann an làitheibh t' òige, mu'n tig na droch làithean, agus an druid na bliadhnanachan riut, anns an abair thu, Chan 'eil thachd agam anna.

Anns an là 's an crìochnaich luchd-gleidhidh an tìghe, agus an crom na daoine làidir iad féin . . . a chionn gu bheil an duine a' triall d'a chòmhnuidh bhuan, agus gu bheil an luchd-cumhaidh a' dol mu'n cuairt 's na sràidibh.

Chuinneamaid brìgh na chaidh a ràdh uile; Bitheadh eagal Dhé ort, agus gléidh àitheantan; oir is e so dleasdanas iomlan an duine.

Oir bheir Dia gach obair chum breitheanais, maille ris gach ni dìomhair, ma's maith, no ma's olc e.

Padraig Grannd nach maireann

BU mhaith leam anns an àireamh so iomradh Ba dheanamh air mo sheana charaid, Padraig Grannd, an Druim-na-drochaid, a chaochail o chionn ghoirid, an fear mu dheireadh a bha air fhàgail de na daoine ciatach a bha riaghladh cùisean sgoile is eaglais ann an Gleann Urchar-dan an uair a b'aithne dhòmh-sa e.

Ged nach b' ann de'n aon eaglais a bha sinn aig an àm ud (bha esan 'n a fhoirbheach anns an eaglais U.F.) bha sinn gu maith eòlach air a chéile, is bha meas mór agam air. Anns gach ceum d'a bheatha bu duine e a b'airidh air meas; duine tùrail is duine diadhaidh anns nach robh cumhannachd no farmad, agus aig an robh bàigh ris gach neach eile a bha feuchainn ri aobhar Dhe a chuideachadh anns an t-saoghal.

Ged nach deanadh e rud eile 'n a bheatha

ach gu robh e air cheann na sgoil-Shàbaid còrr agus dà fhichead bliadhna b' fhiach e ainmeachadh air an duilleig so, oir bu mhór an obair sin fhéin. Bha gaol aige air a' chloinn is bhà gaol aig a' chloinn air, is theagamh gur e bhì am measg na cloinne a chum an inntinn aige cho òg. Ged dh' fhàs a cheum mall, agus ult is fheithean rag, cha do laigh an aois air inntinn no air a chridhe. An uair mu dheireadh a chunnaic mi e, agus e suas ri ceithir fichead, bha e na b' òigaille 'n a inntinn na mórán de mhuintir a' Ghlinne nach eile deich bliadhna fichead. Agus is maith an comharradh sin air duine air bith, oir tha e air a ghealltainn dhaibhsan a bhlaiss deagh thiodhlac Dhe, agus a tha tarruing an slàinte á tobraichean na beatha a tha ann an Dia, gu'm bi an òige air a h-ath-nuadhachadh.

Is e mo cheud chuimhne air Padraig Grannd, e fhéin agus an Dòmhnallach a bha an Osd-thìgh Dhruim-na-drochaid fhaicinn air an réidhlean ghorm a bha air beulaibh a' bhùth-oibre aige, agus iad a' lachanaich mar gu'm biodh dà bhalach, ag innseadh naigheachdan d'a chéile. Am bitheantas bhithinn 'g a fhaicinn as a léine, oir cha robh leisg no náire air a chòta a chur dheth a dh' obair, ach cha mhò a chunnaic mi riamh e nach robh ùine aige (is toil cuideachd) naigheachd àbhacach innseadh no chluinntinn, oir cha bu duine e a bha air a chuibhreacadh le cùram no le driop an t-saoghail. Thug e buaidh air an t-saoghal anns an t-seadh sin.

Bha e trì bliadhna fichead 'n a fhoirbheach ann an eaglais Chill-Mhicheil, is foirbheach eile a bu dilse do'n mhinistear cha robh riamh fo'n ghréin. An uair a bhiodh sin feumail rachadh aige air coinneamh a chumail e féin, is daonnan bhitheadh e ag ùrnuigh anns a' choinneamh-ùrnuigh, agus a' bruidhinn air là na Ceisd. Bha e fada fada an aghaidh an uisge-bheatha; daonnan a' comhairleachadh dhaoine òga an t-uisge-beatha a thur-sheachnadh.

Bha tàlant an maith aige gu nàdurra, is inn-tinn làidir neo-eisiomaileach. Bha ealadhain

aige air bàrdachd a dheanamh; rinn e Cumha do bhalaich a' Ghlinne a bha air am marbhadh anns a' chogadh. 'N a sheann aois sgrìobh e leabhar; naigheachd a dhealb e 'n a inntinn féin. Chuir e an leabhar sin thugam-sa le bheannachd; o chionn beagan bhliadhnan chuir e naigheachd eile thugam, ag iarraidh mo bharail oirre, m'an cuireadh e an clò i. Bha e daonnan a' sgrìobhadh; chan 'eil ach bliadhna o' fhuair mi litir bhuaith ach bha crìtheanaich air tighinn 'n a làimh.

Bha e 'n a dhuine diadhaidh aig an robh tuigse air teagasg Chrìosd agus meas air an t-soisgeul. Ach ged bha e 'n a dhuine diadhaidh, agus air a thogail ann an gineal nach robh a' ceadachadh do Chrìosdaidhean aotromas no àbhacas 'n am beatha no 'n an còmhradh, cha robh taobh air bith aige ri daoine a bhios ag ochanaich gun sgur, no air am bi aodainn fhada is aodainn dhubbach mar nach robh anns a' bheatha dhiadhaidh ach daorsa is campar spioraid. 'Cha b' e sin an seòrsa Crìosduidh a bha ann féin; bha e aobheil is bha e àbhacach; fìor dhuine maith leis an robh an diadhaidheachd air a deanamh taitneach is urramach eadhon an suilean an t-saoghail. Bu toigh leis a h-uile duine Padraig Grannd.

Aig an Uinneig

Sliochd an fhìreìn

BHO chionn greis fhuair mi litir as a' Chom-braich, an siorramachd Rois, ag innseadh mu bhàs na seana mhnà-uasail, Nic Rath, a chuir seachd a chuid a b' fheàrr d'a beatha ann an Osd-thìgh Tioram na Comraich. Bha i thairis air ceithir fichead an uair a thàinig a' chrìoch oirre. Bha an diadhaidheachd dùthchasach dhi, oir b' e Màiri, an dara nighean bu shine aig Aeneas Sage, am ministear ainmeil a bha an Loch Carrann a bu shin-seanmhair dhi. Phòs Màiri Sage Dòmhnall Ceanaideach, an Cis-orn.

An uair a bha i glé òg thàinig i fo bhuaidh na Fìrinn ann an Dùn-dèagh, fo shearmonachadh an Urramaich Donnacha Mac Griogair, athair an Ard Ollaimh W. M. Mac Griogair, an Collaist na Trianaid, an Glaschu. Ged chuir i seachd a beatha ann an àite iomallach cha robh ceàrn de'n t-saoghal anns an robh obair Chrìosd a' dol air aghaidh nach robh a h-ùigh agus a cridhe ann. Bha gaol is meas aice air na nithean a tha fìor-ghlan: fad a beatha bha i a' deanamh na b' urrainn dhi gus an òigridh a thàladh gu bhì leughadh leabhraichean maith. Bu toigh leatha an òigridh, is bu toigh leatha clann; bhiodh i fhéin agus a piuthar-chéile iomadh uair a' caithris na h-oidhche a' fuaigheal aodaich a chuireadh iad gus an tigh-dhilleachdan aig Dr. Barnardo.

Bha e air a ràdh anns an litir a chuir bana-

choimhearsnach dhi thugam-sa gu'm bu choinneal i a bha air a lasadh leis an Tighearna, agus nach deachaidh a solus as riamh, a dh' aindeoin gaoth no uisge.

Fuinn nan Salm Ghàidhlig

Tha an leabhar so ùr ach tha na fuinn a tha ann sean, is tha e air a chur a mach le ùghdarras na h-eaglais Shaoir. Tha e ceart gu'm biodh oidhirp air a dheanamh gu'm biodh an t-seinn a b' àbhaist a bhì aig muinntir na Gàidhealtachd air a cumail air chuimhne anns na làithean so, an uair a tha i air dol á fas, agus cò as freagarraiche air an oidhirp sin a dheanamh na 'n eaglais Shaor? Chan 'eil mise coimhlionta gu leòr ann an ceòl gus beachd cothromach a thoirt seachd air an dòigh anns a bheil na fuinn air an cur sìos anns an leabhar so, ach tha mi toilichte fhaicinn, is àile beag fhaotainn aon uair eile de sheinn nach chuala mi o chionn fhada ach a tha dùsgadh iomadh cuimhneachan cùbhraidh 'n am chridhe. Rachainn astar maith a chluinntinn Torwood air a seinn mar a chuala mi i air Sàbaid comanachaidh an Tair-beart na h-Earadh.

Gu ma maith a théid do'n leabhar so, agus gu ma maith do'n fhear a chuir thugam e, an t-Urramach I. M. Mac Illinnein, an Lairg, a bha 'n a cheann air a' Chomunn a' rinn an obair so. Is mór an onoir e do dhuine air bith

ainm a bhi ceangailte ri Facal an Tighearna agus ri aoradh a thighe. Chan 'eil e air innseadh ciod e pris an leabhair, ach ciod air bith a phris (chan urrainn i bhi mór) b' fhiach do'n chuid d'ar luchd-leughaidh a thuigeas no thogas ceòl fhaotainn.

Ceòl nach pàigh

*Their iad gur e ceòl nach pàigh
Rinn tràth am chulaidh-thruais mi.*

Sin dà shreath á " Freagairt do m' Chàirden " a bha air a dheanamh le bean Iain Dhòmhnullaich, á Breidhnis, an Leódhas, a tha an diugh an Sgìre Shléite anns an eilean Sgitheanach, ach co dhiù a phàigheas no nach pàigh a' bhàrdachd dhi ann an sgillinnean ruadha, faodaidh i bhi coma, oir pàighidh i ann an dòigh eile, agus an dòigh is fheàrr; bheir i toileachadh dhi féin agus toileachadh do dhàoinne eile. Agus is e sin rud as fhiachaile na sgillinnean ruadha, ged nach gabh e tomhas air a' mheidh.

Thig crìoch air an t-saoghal
Ach mairidh gaol is ceòl.

Chuir bean Iain Dhòmhnullaich a mach leabhar beag de òrain a rinn i fhéin; leabhar

beag bòidheach anns a bheil iomadh seòrsa bathair; nithean aotrum is nithean sòluimte; nithean àbhacach is nithean cràbhach; moladh is diomoladh, oir tha iomadh tèud air a cruic-chiùil, ach tha iad uile air an cur sìos an Gàidhlig mhaith agus le cuimse facail. Chan urrainn mi innseadh c'àite am faighear an leabhran so, no ciod e a phris, oir chan 'eil sin ri fhaicinn air a' chlàr, ach theagamh gu'n gabh e faotainn o'n bhana-bhàrd féin. Gu ma fada a bhios sunnd oirre a cruic a ghleusadh.

Leanabh gun athair

Chuir duine-eigin as na Hearadh crioman Gàidhlig thugam, a dh' iarr e orm a thoirt am follais anns na duilleagan so. Tha an rud a chuir e thugam air a chur a mach cheana, is furasda gu leòr fhaotainn ann am fear de leabhraichean, Richard Baxter. Mar sin cha robh aobhar a chur anns na duilleagan so. Chan 'eil e 'n a chleachdadh agam obair air bith a ghabhail ach obair ùr. Na'n tug e dhomh 'ainm agus àite a chòmhnuidh chuir mi air ais am paipear thuige roimhe so, ach a chionn nach b' urrainn dhomh sin a dheanamh tha mi a' toirt taing dha air an duilleig so.

An cagar

1. **T**HA cagar am chluais
Air a ghiùlan a nuas o'n àird,
Air osaig beò-ghaoith
Thar uchdanan ùrail na slàint',
Tha cagar am chluais.
2. O anam thoir sùil—
Faic an Rìgh air a chrùnadh an glòir,
Faic feachdan nan nèamh
Ag àrd-aoradh do Rìgh nam beò,
O anam thoir sùil.
3. O anam thoir cluas—
Cluinn caitheam nam buadh is an ceòl;

Leis an Urramach Aonghus MacIamhair, Druim-na-drochaid.

Laoidh

O M' anam, éisd; 'se Dia a th' ann,
'S e t' Fhear-saoraidh, éisd a ghairm
Iosa labhairt riut le cinnt:
" A pheacaich bhochd, an toigh leat mi? "

Dh' fhuasgail mi do cheangal cruaidh,
Do lotan fuilteach dhùin mi suas;
Cheartaich mi do shiubhal cli,
Do dhorch' gu solus thionndaidh mi.

'M fàs coibhneas-gràidh na màthar sgith
D'a leanabh gaoid d' an-tug i cìoch?
Faodaidh sin air uair a bhith,
Ach bidh mo chuimhn'-sa ort-sa chaoidh.

Air a tionndadh o'n Bheurla le Catriona Nic Fhionghuin, Òisgeal, an Tìriodh.

Cha tig caochladh air mo ghràdh,
Tha e àrd os cionn na h-àird,
Na's dòimhne na'n dòimhne shìos,
Dileas, saor, mar 'n t-aog an treis'.

" Mo ghloir-sa chi do shùil gun dàil,
'Nuair chrìochnaichear obair gràis
Is bidh tu leam 'am Chathair-rìgh,
A pheacaich bhochd, an toigh leat mi? "

Éisd, a Rìgh, mo ghearan truagh,
Ged tha mo ghaol dhuit fann is fuar,
Gidheadh cha bhi e fann no fuar
Ma shéideas orm do ghràs a nuas.

An Giblean

Cuairt na Gealaich

A' cheud cheathramh, an 3mh là
An solus làn, an 10mh là

An ceathramh mu dheireadh, an 17mh là
An solus ùr, an 24mh là

“ Oir b' i aithne an rìgh mu'n timchioll gu'm biodh cuibhrionn àraidh air an son,
a dh'lighe fèin air gach là.”—NEHEMIAH. xi. 23.

1. Di-Sathuirn Latha nan car: latha na gogaireachd.
2. Di-Dòmhnaiach Tha baisteadh agam ri bhì air mo bhaisteadh leis, agus cionnus a tha mi air mo theannadh gus an coimh-lionar e!—Lucas xii. 50.
3. Di-Luain Seachd seachduinean gearr goirid eadar Inid is Càisg.
4. Di-Màirt Fios na h-Inid as an Ròimh.
5. Di-ciadaoin An Carghus; Ma's duine thu air do thabhairt do gheòcaireachd cuir sgian ri d' sgòrnan.
6. Di-ardaoin An Inid, a' cheud Di-Màirt de'n t-solus ear-raich.
7. Di-haoine Thuirt an Inid ris a' Chàisg. C'àit am faigh mi àite-cluich?
8. Di-Sathuirn Thoir thusa dhòmhsa pàil-liun geamhraidh 's tog-aidd mi tigh-samhraidh dhuit.
9. Di-Dòmhnaiach Agus ghlaodh iad, ag ràdh, Hosanna; is beannaichte an Ti a tha teachd ann an ainm an Tighearna.—Marc xi. 9.
10. Di-Luain Shaltair mi an t-amar 'n am aonar agus de na slòigh charobh aon neach maille rium.—Isaiah lxiii. 3.
11. Di-Màirt O sibh-se uile a tha gabhail an rathaid, amhaircibh agus faicibh am bheil bròn sam bith cosmhuil ri mo bhròn-sa.—Tuir-eadh Jeremiah i. 12.
12. Di-ciadaoin An ann mar sin, nach b' urrainn sibh faire a dheanamh aon uair maille rium?—Mata xxvi. 40.
13. Di-ardaoin O m' Athair, ma dh' fheudas e bhi, rachadh an cupan so seachad orm; gidheadh . . . mar is toil leatsa.—Mata xxvi. 39.
14. Di-haoine na Ceusa An uair a dh' éigh Iosa a rìs le glaoth mor, thug e suas a spiorad.—Mata xxvii. 50.
15. Di-Sathuirn Agus rinn na h-àrd shagartan agus na Phairisich an uaigh cinnteach, a' cur seula air a' chloich, maille ri faire.—Mata xxvii. 66.
16. Di-Dòmhnaiach Dh' érich an Tighearna dà-rìreadh agus chunnacas le Càsg.—Lucas xxiv. 34.
17. Di-Luain O m' anam beannaich thusa nis An Dia Iehobhah mór.—Salm ciii.
18. Di-Màirt A dh' ath-ghin sinne gu beò-dhòchas tre aiseirigh Iosa Crìosd o na mairbh.—1 Peadar i. 3.
19. Di-ciadaoin Chum oighreachd neo-thruaillidh, agus neo-shalach, agus nach searg as.—1 Peadar i. 4.
20. Di-ardaoin Feuch, tha an geamhradh seachad agus an t-uisge thairis.—Dàn Sholaimh ii. 11.
21. Di-haoine Chithear na blàthan air an talamh: tha àm seinn nan eun air teachd.—Dàn Sholaimh ii. 12.
22. Di-Sathuirn Ullaichibh bhur cridhe a chum an Tighearna.—1 Sam. vii. 3.
23. Di-Dòmhnaiach Ann an lìonmhoireachd do thròcair thig mi steach do d' thigh.—Salm v. 7.
24. Di-Luain Ubh air Inid, eun air Càisg. Mur bi sin aig an fhitheach, bithidh am bàs.
25. Di-Màirt Mil fo thalamh, curran earraich.
26. Di-ciadaoin Am beàrnan Bride 's a' pheighinn-rioghail.—Donnacha Bàn.
27. Di-ardaoin Théid an nathair troimh theine dearg, M' an téid i troimh dhuil-leach an uimhsinn.
28. Di-haoine A shòbhrach geal-bhuidh nam bruchag, Gur fann-gheal, snuaghar, doghnùis.—MacMhaigh-stir Alasdair.
29. Di-Sathuirn Baille na Bealltuinn.
30. Di-Dòmhnaiach Thàinig an sluaigh uile gu moch d'a ionnsuidh uims an teampull, a dh' éisd-eachd ris.—Lucas xxi. 38.



An Duais a Fhuair Maois

LEIS AN URRAMACH I. M. MAC-AN-ROTHAICH, M.A., CILL-MHÀRTAINN

CHA bu shuarach an duais a fhuair seirbh-ciseach ainmeil Dhe o shean; b' fhiach i gach iobairt a rinn e. Bho thoiseach a bheatha iongantach gu ruig là a bhàis, agus gu sònruichte bho thoiseach a bheatha follaisich, bha e làn-chinnteach gu'n robh làthaireachd Dhe maille ris anns gach àite mar dhòn 's mar thearmunn da; agus mheal e uair is uair an co-chomunn as dlùithe agus as mìlse as urrainn do dhuine sam bith a mhealtuinn maille ri Dia. Bu mhór agus bu leòir an duais sin. Ach a thuilleadh air sin, anns gach deuchainn chruaidh a thàinig 'n a chraunchur ('s bu lionmhor iad) sheas an Ti Uile-chumhachdach gu ro-ghràs-mhor air a thaobh, agus threòraich e e gu teàruinte troimh gach trioblaid, a' neartachadh mar sin a chreidimh. Bu tric a thachair e air duilgheadais, air cruadail, 's air cruaidh-chàis, ach cha d' fhuair a h-aon diubh riamh làmh-an-uachdar air. Dh' éirich naimhdean do-àireamh, borb is cumbhachdach 'n a aghaidh, a' bagairt sgrios air fhéin is air a shluaigh; thàinig iad a mach 'n am buidhnibh, uaibhreach agus bòsdail, 'n uair a mhothaich iad an neart féin agus laigsinn chloinn Israeil ann an coimeas riu; ach, a' toirt ùmhleadh do àithne Dhe, chaidh Maois 'n an aghaidh ann an làn-earbsa, gun teagamh, gun eagal, agus chuir e gu tur air theicheadh armailtean nan coimheadh.

Agus an uair a dh' fhàs clann Israeil féin ceannairceach is rag-mhuinealach; 'n uair a rinn iad gearan 's an fhàsach, a' dìchuimhneachadh gu nàrach gach maithreas a nochd an Tighearna dhaibh is mìorbhuilean a fhreas-dail a dh' oibrich e air an son; 'n uair a dh' iarr iad le uile dhùrachd an cridhe aingidh gu'n robh iad aon uair eile ann an tìr na daorsa, 'n an suidhe làimh ris na poitibh feòla; seadh, eadhon aig amannaibh cho buaireasach ri sin, cha do thréig a mhiseach e, 's cha do ghéill e d' an glaoth gearanach; ach, air a chuideachadh le gràs agus le spiorad Dhe, nochd e gu dìleas dhaibh gràinealachd am peacaidh; agus, aon-ranach ged bha e am measg an t-sluaigh, sheas e gu stéidheil an aghaidh an iarrtais sanntaich; agus b' i duais fhollaiseach a chreidimh gu'n do dh' éisd Dia r' a aslachadh agus gu'n do chaomhain e a phobull air sgàth ùmhleadh agus ùrnuigh a sheirbhisich.

Mar so, o'n là sin 's an do thòisich e air clann Israeil a riaghladh gu ruig an là 's an do rùnaich Dia nach treòraicheadh Maois a phobull na b'

fhaidhe fhuair e iomadh uair agus air iomadh dòigh duais a chreidimh. Ach bha an duais as mò dhiubh air fad a' feitheamh air fhathast. Dà fhichead bliadhna chaidh e air ais 's air aghaidh 's an fhàsach, air a chlaoidh gu tric is air a shàruchadh gu goirt; ach fad na h-ùine sin cha do dhìchuimhnich e na briathran a labhair Dia ris air an là mhór, ainmeil, 'n uair a dh' fhoillsicheadh Aingeal an Tighearna dha ann an lasair theine, á meadhon pris, 's cha robh am preas air a losgadh.

"Chunnaic mi gu cinnteach," arsa Dia, "àmhgar mo shluaigh a tha 'san Eiphit, agus chuala mi an glaoth airson am maighstirean-oibre; oir is aithne dhomh an doilgheas. Agus thàinig mi nuas 'g an saoradh á làimh nan Eiphiteach, agus 'gan toirt suas a mach as an fhearann sin gu fearann maith agus farsuing; gu fearann a thasruthadh le bainne agus le mil."

B' aithne do Mhaois gu h-iomlan nach dìchuimhniceadh Dia a bhriathran féin, ach gu'n coimh-lionadh e 's an àm iomchuidh gach gealladh a thug e dha; agus ged nach fhaigheadh Maois cead a dhol thairis a dh' ionnsuidh na dùthcha, gidheadh, bu toil le Dia gu 'm faicheadh e i, 's gu 'm bitheadh cridhe a sheirbhisich dhileis air a dheanamh aighearach leis an t-sealladh. Uime sin, a' fàgail cloinn Israeil 's a' champ air còmhardaibh Mhoaidh, chaidh Maois air aghaidh le ceum luath agus beothail; oir, ceud agus fichead bliadhna dh' aois ged bha e, cha d' fhàilnich a shùil aig an àm, agus cha mhò a thréig a neart e.

Dh'irich e sléibhteann Abarim is thog e ri bruthaichean Nebo agus an do ràinig e mullach Phisgah, agus an sin thaisbean Dia dha dùthaich a' gheallaidh. B' e sin an sealladh glòrmhor; beanntan àrda, ainmeil; gleanntan fàsach, feurach; is aimhnichean mar ainmnichean a' gaird a' sruthadh gu sèimh a dh' ionnsuidh a' chuain; o Lebanon nan seudar 's an àirde Tuath gu ruig Sion, an sliabh naomh, 's an àrde Deas; o'n Ear agus an Iar thàinig na h-uile fo shùil; tìr Chanaain uile, gu ruig an fhaige as faide mach. Agus mar a dh' amhairc e air bòidheche 's air saibhreas na tìre, nach 'eil e uile gu leir coltach gu'n lionadh aoibhneas a chridhe, 's gu'n nochdadh e taingealachd anama do Dhia a dhèònuich cead agus comas dha an là agus an sealladh sin fhaicinn? Am biodh iarrtas a chridhe ceàrr no neo-iomchuidh, ma 's e gu'n robh e sgriobhta gu'n do mhiannaich e gu

dùrachdach cead fhaotainn o Dhia a dhol thairis a dh' ionnsuidh na dùthcha? Nach 'eil sinn ullamh gu smaoinachadh agus eadhon gu aideachadh gur brònach an ni e da-rìreadh nach d' fhuair e cothrom no cead?

Ach bha dùthaich eile ann a gheall Dia dha, 's cha robh so air an robh e ag amharc ach 'n a shamhladh air an dùthaich sin; agus fhuair Mhaois lànachd na duaise 'n uair a chaidh e steach do 'n tìr sin. Cha b' fhada an ùine a ghabhadh e a' dol eadar mullach Phisgah agus an Canaan a ta 'n so; ach ann am prioba na sùla bha e am measg nan aingeal a tha daonnan a' cuartachadh rìgh-chathrach Dhe 's a' Chanaan sin a ta shuas. Oir mar a dh' amhaire e, thòisich a shùil air fàilneachadh agus dh' fhàlbh an sealladh, air a dhubhadh as ann an dorchadas a' bhàis; no, bhiodh e na b' fhìora ràdh, gu'n robh an sealladh talmhaidh air a mheas leis mar neoni, 'n uair le shùilibh spioradail a dh' amhaire e air glòir 's air bòidheche nèimh.

Ma tha ar creideamh coltach ri creideamh Mhaois, is ionann an duais a gheibh sinn. Faodaidh e bhì nach tachair sinn am feasd air cunnartaibh cho mòr 's cho deuchainneach 's a bha na cunnartan air an do thachair esan; faodaidh e bhì nach bi 'n ar crannchur gu bràth trioblaidean cho buairesach, no doilgheasan cho trom; oir chan urrainn sinn uile bhì 'n ar cinn-iùil air poblul an Tighearna; gidheadh,

anns a' bheatha as ìsle a tha air thalamh thig uaireigin trioblaidean, cunnartan agus cruaidh-chàs, a dhearbhas ar n-earbsa gu mòr.

An uair a thig na h-amannan sin, feuchamaid ri so a thuigsinn gu fìor, gu bheil an Tì glòrmhor, a riaghlas ann an nèamh, a' gabhail cùram dhinn 's gu bheil cothroman ro-bheanaichte againn, co-chomunn a ghleidheadh maile ris a bheir sòlas agus comhfhurtachd d' ar n-anamaibh. Air ar neartachadh le gràs, cuireamaid le dànadas an aghaidh gach oidhirp agus ionnsuidh a ni ar naimhdean oirnn; na leigeamaid le 'r cridhe fàilneachadh, 's na leigeamaid le teagamh sam bith a sgàil dorcha chur air ar n-inntinn. Ach ann an làn-earbsa coltach ri Maois bitheamaid cinnteach gu bheil tìr a' gheallaidh ann, 's gu 'm faic sinn i gu dearbh 'n uair a théid sinn thairis air an Abhainn Mhóir.

Agus, an uair ann an ùrnuigh dhìomhair, is ann an aslachadh dhùrachdaich a thig sinn gu sònruichte dlùth do Dhia, faodaidh e bhì gu 'm faigh sinne, mar a fhuair Maois, sealladh de thìr ar dòchais; ach aon là gheibh sinn gun teagamh, eadhon mar a fhuair esan, duais phrìiseil ar n-earbsa; théid sinn a steach do 'n àros ghlòrmhor far am bheil esan a nis, agus iadsan uile a thàinig beò 's a fhuair bàs ann an creideamh agus far an e àrd-aoibhneas bith-bhuan nan naomb "Dia a ghlòrachadh agus a mhealtuinn gu sìorruidh."

Eirionnach Còir

LEIS AN URRAMACH UILLEAM GILLOSA, B.D., ANNS A' CHEANN-MHUR

THA mi cinnteach gu bheil fios aig mòran de luchd-leughaidh an leabhair so nach 'eil ann ach beagan agus ochd fichead bliadhna o'n chaidh an Tiomnadh Nuadh a thionndadh gu Gàidhlig Albannach. Cha robh an Seann Tiomnadh uile ann an làmhnan nan Gàidheal gus a' bhliadhna 1802. Cha robh aig na ministearan Gàidhealach roimh sin ach a bhì teagasg an t-sluaigh mar a b' fheàrr a b' urrainn dhaibh. Anns a' chùbaid cha robh aca ach am Biobull Beurla, agus bha iad 'g a eadar-theangachadh earrann air earrainn mar a bha iad 'g a leughadh. Cha robh na ministearan uile comasach air so a dheanamh gu ceart, agus bha iomadh naigh-eachd éibhinn air a h-aithris mu chuid de na mearachdan anns an robh cuid dhiubh a' tuiteam. Cha robh an sluaigh féin ann an coitcheonnas comasach air aon chuid Gàidhlig no Beurla a leughadh, agus mar sin bha iad ann an tommas mòr aineolach air na sgrìobhturan naomha. Thàinig iomradh air cor bochd nan Gàidheal gu cluasan an duine urramaich, Raibeart Boyle; duine a bha fìor fhòghluimte agus fìor dhìadhaidh, agus chuir e roimhe gu'm

faigheadh e seòl air an suidheachadh a leasachadh. Bha fhios aige gu robh cainnt nan Gàidheal glé choltach ri cainnt nan Eirionnach, agus a chionn gu robh am Biobull cheana ann an cainnt nan Eirionnach chuir e roimhe gu'm biodh Biobull mòr cùbaid anns gach eaglais 's a' Ghàidhealtachd.

Dà cheud Biobull

Bha so anns a' bhliadhna 1688. Thug e òrdugh dà cheud Biobull a chlà-bhualadh a réir eadar theangachadh an Easbuig Uilleam Beddell. A thuilleadh air na Biobull chuir e do na sgrìeacadhan Gàidhealach sè mìle leabhar-cheist le ùrnuighean annta. Rinn na Gàidheil gàirdeachas mòr ris na leabraichean, agus ghabh iad mòr thlachd ann an éisdeachd an fhocail. Ann an iomadh sgìre chuireadh cuid dhiu a bha comasach air leughadh fios air an leabhar feadh na seachduinn a chum 's gu'n cluinneadh na coimhearsnaich an sgeul bheannaichte. Chuireadh iad air ais e dh' ionnsuidh a' mhinisteir Disathuinn. Bha na ministearan a' gabhail a h-

uile cothrom air a bhi leughadh an fhocail, agus bha Biobull Boyle ri fhacinn 's ri chluinntinn aig baistidhean, 's aig tòrraidhean, 's aig pòsaidhean. Dh' fhàs na Gàidheil mar so eòlach air a' Ghaidhlig Eirionnach, agus tha a blas ri fhaotainn anns na sgrìobtuirean gu an là an diugh. An uair a dh' eadar-theangaich an t-Urramach, an t-Ollamh Stiubhart, ministear Chill Fhinn, an Tiomnadh Nuadh chan 'eil teagamh nach robh e air a sheòladh gu tric le Gàidhlig Bheadell. Bu chòir dhuinne cuimhne a chumail air Boyle a bha 'na charaid do na Gàidheil 'na là féin. Chan 'eil ach fear no dhà de na Biobull ri fhaotainn an diugh. Tha iad ann an eaglais Chill Fhinn, agus anns a' Cheannmhur ann an siorramachd Pheairt.

Sgoilear is Feallsanach

Chaidh cumntas ùr a chur a mach bho chionn ghoirid air beatha Boyle, agus theagamh gu'm bu toil le'r luchd-leughaidh tuilleadh a chluinntinn mu thimchioll. Rugadh e ann an Eirinn 'sa bhliadhna 1627. B'e athair Iarla Chorc. Fhuair e ionnsachadh math fo dheagh luchd-teagaisg, agus chaith e ceithir bliadhna a' siubhal bailtean na Roinn-Eòrpa. Chuir e còlas air coigrich de gach gnè agus bha e 'na ni furasda dha cor a cho-chreutair a thuigsinn. Sgrìobhadh agus labhradh e iomadh cànan, agus bha e cho eòlach air na sgrìobtuirean naomha ann an Eabhra 'san Gréigis 'sa bha e ann am Beurla.

Bidh e ainmeil gu bràth airson na nithean a fhuair e mach as ùr mu chùrsa agus obair nàdur. Bha a shùil agus a chluas daonnan fosgailte a chum agus gu'n tuigeadh e na dòighean anns am bheil Dia a' gluasad agus ag oibreachadh anns an t-saoghal. Sgrìobh e leabhraichean mu'n a h-uile cuspair fo'n ghréin. Mar chomharadh air farsuingeachd inntinn an duine, foghnaidh dhomh beagan de na cuspairean air an d' rinn e iomradh ann an 1674 mu shailteachd na fairge, mu nàdur na gaoithe, mu bhàlgan-snàmh an éisg, mu airgiod agus òr, ainmeachadh. Chuir e mach leabhraichean a'

mineachadh na nan sgrìobtuirean agus a' brosnachadh dhaoine a chum an leughaidh gach là. "Tha mi a meas" tha e ag ràdh "ro bheag, saothair 'sam bith a ni soilleir dhomh an leabhar naomh. Tha mi ag aideachadh nach 'eil mi air aon de'n mhuinntir leisg sin a tha an dùil gu'm faigh iad còlas 'nan cadal mar a fhuair Adhamh bean."

Cobhair nam bochd

Bha e dùrachdach agus dìchiollach a' rannsachadh a mach cùisean a bha diomhair 'na là. Mar so bha e 'na mheadhon air solus a' sgaoileadh agus mòran fiosrachaidh a tha chum buannachd an t-saoghail. Leis na h-innleachdan air an d'amais e chuir e luchd ceaird agus luchd malairt fo fhiachan. Bha oighreachd aige ann an Eirinn ach cha robh e pòsda, agus roghnaich e a bheatha chur seachad ann an tigh a pheathar ann an Sasunn. Cha robh e cosd ach glé bheag air féin agus mar sin bha e comasach air a mhaoin a sgaoileadh chum math nam bochd 's nan aineòlach. Fad iomadh bliadhna bha e toirt seachad tuilleadh agus mìle punnd Sasunnach. Ann an linn anns nach robh mòran a' smaointeachadh air craobh-sgaoileadh an t-soisgeil bha Boyle a' saothrachadh chum gràdh Chrìosd a dheanamh aithnichte ann an dùthchanna céin. Chuir e impidh air a' chomunn a bha ri malairt anns na h-Innsean an Ear innseadh do'n t-sluagh mu Iosa. Air a chosdas féin fhuair e an Tiomnadh Nuadh eadar-theangachadh agus a sgaoileadh ann an cànan Mhalacca. Rinn e an ni ceudna ann an America. Cha chual e riamh mu aobhar math 'sam bith nach d' rinn e a chuideachadh. Mar so dh' fhàg e deagh eisimpleir mu choinneamh dhaoine fhòghluimte agus urramaich an t-saoghail iad a bhi iriosal 'nan gluasad, agus làn speis do Dhia agus do nithean naomha. Cha deachaidh an Cruithfhear ainmeachadh riamh ann an eisdeachd Raibeart Boyle nach do stad e car tiotan 's nach d' thug e cheannadach dheth mar aideachadh air mórachd agus maitheas an Tighearna.

Cosmhalachd an Fhir-chuir

(MATA xiii. 3-9)

(1) An Gàidhlig Chonacht

FEUCH do chuáidh sìoladair a mach do chur síl; Agus ag cur an tsíl dó, do thuit cuid dheth chois na sligheadh, agus tangadar na héanlaith, agus a dúadar e :

Agus do thuit cuid eile dhe a bhfearan chlochach, mar nach raibh mòran úire aige : agus do fhàs sé gu luath, do bhrìgh nach bhfuair sé doimhneachd na talmhan : Agus an néirghe don

ghréin, do dóidheadh é ; agus ar son nach raibh fréumh aige, do shearg sé.

Agus do thuit cuid eile dhe cidir mhuineach ; agus do éirghe an muineach súas, agus do mhuch sé é :

Agus do thuit cuid eile dhe a dtalamh mhaith, agus tug sé toradh, cuid céud uiread, cuid trì fichid uiread, cuid a deich fichead uiread.

Gidh bé agá bhfuillid clúasa chum eisdeachda, éisdeachd sé.

(2) *An Gàidhlig Mhanainn*

Cur-gee my-ner, hic correyder magh dy chuirr. As myr v'eh cuirr, huitt paart jeh'n rass rish oirr y raad, as haink ny eeanlee, as d'ee ad seose eh.

Huit paart er thaloo cloaie, raad nagh row moorane ooir : as daase eh er-y-chooyl, er-yn-oyr nagh row diunid hallooin echey :

As tra ghow yn ghrian niart, ve fiojit ; as er-y-oyr nagh row eh er n' ghoail frane, ren eh shynley er-sooyl.

As huitt paart mastey drineyn : as daase ny drineyn seose as phloogh ad eh.

Agh huitt cooid elley jeh ayns thaloo mie, as dymmyrk eh mess, paart keeadfilley, paart three-feed-filley, as paart jeh fillaghyn as feed.

Eshyn ta cleayshyn echey dy chlashtyn, lhig da clashtyn.

(3) *An Gàidhlig Chumridh*

Wele, yr hauwr a aeth allan i hau. Ac fel yr oedd efe yn hau, peth a syrthiodd ar fin y flordd ; a'r adar a ddaethant, ac a'i difasant.

Peth arall a syrthiodd ar greigleoedd, lle ni chwasant fawr ddaear : ac yn y man yr eginasant, gan nad oedd iddynt ddyfnder daear :

Ac wedi codi'r haul, y poethasant ; ac am nad oedd gauddynt wreiddyn, hwy a wywasant.

A pheth arall a syrthiodd ym mhlith y drain ; a'r drain a godasant, ac a'u tagasant hwy.

Peth arall hefyd a syrthiodd mewn tir da, ac a ddygasant frwyth, peth ar ei gaufed, arall ar ei dri-ugeinfed, arall ar ei ddegfed ar hugain.

Y neb sydd ganddo glustian i wrando, gwrandawed.

An Gàidhlig Albannach

Feuch, chaidh am fear-cuir a mach a chur sil.

Agus an uair a bha e a' cur, thuit cuid ri taobh an rathaid ; agus thàinig an eunlaith agus dh' ith iad e.

Agus thuit cuid eile air na h-àitean creagach, far nach robh mòran talmhainn aige ; agus gu grad dh' fhàs e suas, do bhrìgh nach robh dòmhneachd talmhainn aige.

Agus an uair a dh' éirich a' ghrian dhothadh e ; agus, do bhrìgh nach robh freumh aige, shearg e as.

Agus thuit cuid eile am measg an droighinn ; agus dh' fhàs an droighinn suas, agus thachd e e.

Agus thuit cuid eile air an fhearann mhaith, agus thug e toradh uaithe, cuid a cheud uiread, cuid a thrì fichead, cuid a dheich-ar-fhichead uiread.

Esan aig am bheil cluasan a chum éisdeachd, éisdeadh e.

Aig an Uinneig

Falluinn Chaluim Chille

THUG e toileachadh do mhóran dhaoine air feadh Albainn uile, a thuilleadh air muinntir I féin, gu bheil ministear ri bhi air a shuidh-eachadh anns an eilean gu goirid. Is mór an t-urram e do dhuine air bith a chrannchur a thuiteam ann an eilean I, far a bheil gach creag is cluan is iomaire air an naombachadh le ùrnuighean is beannachadh Chaluim Chille is dhaoine naomh eile. Thuit a' chrannchur so air an Urramach Dòmhnall MacCuis, M.A., an Cill Naoinin, am Muile ; ministear òg de mhuintir na Hearadh. Tha ùigh aig eaglais na h-Alba uile an I, agus dùrachd gu'm biodh aoradh Dhe air a chumail air aghaidh an eaglais Mhór I ann am maise na naombachd agus a réir creidimh is gnàths na h-eaglais Choitchin, agus bho na thuit falluinn Chaluim Chille air a' mhinistear òg so tha sinn an dòchas gu'n tuit dà thrian d'a spiorad air mar an ceudna.

Tha cùisean na's fheàrr an diugh anns an eilean na bha iad beagan bhliadhnan an déidh Waterloo, an uair a chaidh an t-Urramach Leigh Richmond, ministear soisgeulach de'n eaglais Shasunnaich air thurus ann. Cha robh ministear no eaglais ann, no sgoil no maighstir-sgoil. Bha ceann an tighe-sgoil air tuiteam 'na bhroinn ; cha robh àite freagarrach aig an t-

sluagh anns an deanadh iad aoradh ; cha robh uiread agus ceistear anns an eilean. Cha b' urrainn Mghr Leigh Richmond searmonachadh do'n t-sluagh an Gàidhlig, a chionn nach robh Gàidhlig aige, ach shearmonaich e dhaibh am Beurla a mach air a' bhàr. An uair a chaidh e air ais do Shasunn chruinnich e airgid a chuireadh ceann air an tigh-sgoil, ach an uair a chuala Mac Cailean Mór gu robh coigreach a' cur a chorrigan ann an nithean a bhuneadh dhasan chuir e stad air a' ghnòthuch, is air a' cheann mu dheireadh thug am ministear Sasunnach an t-airgid a chruinnich e do'n Chomunn a bha air a chur air chois gu bhi craobh-sgaoileadh an t-soisgeil an Albainn, gu bhi air uisneachadh ann an dòigh air bith a shaoileadh iad iomchuidh. Tha riadh an airgid sin air uisneachadh a h-uile bliadhna gu bhi a' cur leabhraichean ùra anns an leabhar-lann a tha aig muinntir I.

Urram do Cholla Dòmhnallach

Thug Oil-thigh Ghlaschu D.D. do mhinistear de mhuintir I cheana ; do'n Urramach D. A. Mac Dhòmhnuaill, seana mhinistear Chill-Mhoire 's an eilean Sgitheanach, agus a nis tha Oil-thigh Ghlaschu a' dol a thoirt D.D. do Cholla Dòmhnallach, an Lagan Mo Choid, am

Peairt, fear eile de mhuinntir I. Is toigh leinn daonnan naigheachd mhaith a chluinntinn mu mhinistear Gàidhealach, cò air bith e, ach tha e 'na thoileachadh sònruichte an uair a tha urram air a chur air duine d' an dlighear urram, agus air duine a tha e féin cho bàigheil agus companta ri bhràithrean 's gu'n deanar a bheatha anns gach cuideachd, co dhuibh a thachrar aig Cléir no aig cuirm, an Seanadh no an seòmar-smogaidh. Tha tiodhlacan eadar-dhealaichte aig daoine, a réir a ghràis a thugadh dhaibh, ach ged théid aig Colla Dòmhnallach air fàidheadaireachd is frithealadh a dheanamh cho mhaith r'a choimhearsnaich, tha ealadhain sònruichte aige ann an gnothuichean sgìreachd is siorramachd, agus o chionn iomadh bliadhna tha e air gach bòrd a tha riaghladh sgoilean is tighean-nam-bochd is cùisean eile a bhuineas do'n t-siorramachd. Gu ma fada a mhealas e an tiotal so.

Seirbhisean Gàidhlig

Uair-cigin mu'n bliadhna-ùir fhuair mi litir à Tobar-Mhoire, a' cur nan ceistean so orm :

(1) Car son, ma bhitheas seirbhis Ghàidhlig ann idir, a tha i am bitheantas aig dà uair no leth-uair an déidh dà uair, an aon uair a tha gu sònraichte air a cur air leth "gu pasgadh nan làmh agus clò cadail," an déidh na dinnearach ?

(2) Car son nach 'eil òrgan ri chluinntinn aig seirbhis Ghàidhlig ? Nach 'eil e ceart an Cruith-fhear a mholadh le clàrsach, no le fidheall, no le piob-mhór fhéin, cho mhaith ri guthan dhaoine ; guthan a tha glé thrice gu maith bochd is tùchanach ?

(3) Car son a tha an t-sreath air a cur a mach mar nach robh leughadh air a theagasg anns a' Ghàidhealtachd idir ?

(4) Car son nach 'eil againn ach sailm ri sheinn anns a' Ghàidhlig ged blitheas sinn a' seinn laoidhean anns a' Bheurla ; sailm Dhaibhidh agus deismireachdan eile eadar-theangaichte bho Eabhra no bho Ghréigis gu seann Ghàidhlig a thuingeadh an Eirinn ?

Có dhùì a chreideas am fear a sgrìobh an litir e no nach creid, tha aobhar maith air na nithean so uile, is rachadh agam-sa air na cleachdanna so a tha toirt dhàsan oilbheum a sheasamh, na'n robh mi an dùil gu'm biodh e chum feum sin a dheanamh, ach tha amharus agam nach robh dad 's an amharc aige ach deasbud a dheanamh rium, agus mar sin leigidh mi le bodach na gealaich no le Calum na Cròige na ceistean a fhreagairt, ma thoilicheas iad ; dà urrainn mhaith air a bheil muinntir Thobar Mhoire còlach gu leòr. Tha amharus agam cuideachd nach ann air sràid no ceithe Thobar Mhoire a fhuair e am facal *deismireachdan*, ach anns an Fhoclair, ach e' àite air bith an d'

fhuair e e, cha do chleachd e e le cuimse. Aon fhacal eile, tha amharus agam nach 'eil anns na ceistean so ach lethsgheul leis a bheil e a' feuchainn ri e féin fhìreanachadh air son nach 'eil e dol do'n eaglais, ach tha cridhe mhic an duine anabarrach domhain agus anabarrach cealgach, is thoirleadh e an aire nach e aobhar eile a tha 'ga chumail aise.

Dà rud neònach

Cha mhór gu bheil seachduin de mo bheatha nach 'eil rud ag amas orm a bha riamh a' cur ionghnaidh orm, *car son is e an làmh chli a bheir pàisdean dhuit, ma leigear leò an toil féin a dheanamh* ? Thoir an aire dha is chi thu gu bheil so fìor. A h-uile uair (no co dhùit naoi uairean as an deich) a shineas mi mo làmh do phàisde 'ga fhàilteachadh tha an t-aon ni a' tachairt ; sinidh am pàisde an làmh chli dhomh, is abraidh a mhàthair, *An làmh eile, a ghaoil*. Ciod is aobhar dha so ? Dh' fhoighnich mi iomadh uair de mhàthraichean, ach cha b' urrainn iad innsadh dhomh. Their luchd-ealadhain nach 'eil ann ach seann dùthchas a tha ruith anns an fhuil fad cheudan mìle bliadhna, o na làithean anns an robh aithrichean a' chinne-daonna anns na craobhan ; bhiodh an làmh dheas am bitheantas an sàs am meanglan. Ach ciod nach abair luchd-ealadhain ? Their iad iomadh rud air nach 'eil dreach na firinn.

Is e an rud eile a bhios a' cur ionghnaidh orm, *car son is toigh le daoine dol a sheanachas ri ministear, an uair a ghabhas iad sogan drama* ; daoine nach rachadh 'n a ghaoth mur biodh gloine no dhà aca ? Am bitheantas thatar a' seachnadh mhinistearan ; an uair a chi daoine eile ad agus coilear ministear aig an uinneig ann an carbud-iaruinn seachnaidh iad an carbud mar gu'm biodh am fiabhrus-dearg ann, ach cha dean duine a tha blàth leis an deoch sin idir ; chan e mhàin nach seachuin e na ministearan ach sirdh e an comunn gus seachas a dheanamh riu mu nithean cràbhach agus mu chùisean eaglais. Ciod is aobhar dha ? Chuala mi an rud air a chur ann an iomadh dòigh, ach chan urrainn mi a ràdh gu'n do thuing mi riamh e. Their cuid nach 'eil ann ach stalcaireachd ; gu bheil an t-uisge-beatha a' toirt bhuapa an tùir agus an nàire, ach tha amharus agam nach e sin uile gu léir an t-aobhar. Theagamh gu bheil fhios aig na daoine so iad féin car son a bhios iad 'ga dheanamh, ach ma tha, chan innis iad ; a cheart mhionaid a dh' fhuaraicheas iad, dùinidh iad am beul is chan fhaighear facal eile asda.

Sgoil-shamhraidh an Ròdul

Cha mhór chomunn no sheòrsachan dhaoine aig nach 'eil sgoil-shamhraidh anns na làithean so, is tha sgoil-shamhraidh aig missionaraidhean na Gàidhealtachd cuideachd. Tha an t-Ollamh

Ruairidh Mac Leòid air cheann nan sgoilean, is tha iad air an cumail an Tairbeart na Hearadh is anns a' Chaol. Tha mi a' cluinntinn gu bheil obair fheumail air a dheanamh annta is teagasg air a thoirt do na misionaraidhean a thaobh nithean a bhuineas d'an dreuchd, ach na'n gabhadh e deanamh, bu chòir do'n sgoil-shamhraidh so a bhi ann an eaglais Chliamain, an Ròdul, seana mhàthair nan eaglaisean eile air feadh nan eileanan Tuathach. Tha e air a ràdh gur e tìr na h-eaglais so togail cho sean 's a tha an Albainn; nach 'eil togail as sine ann ach criomain de eaglais Mhór Ghlaschu.

Mu Airgiod

CHAN 'eil rud air an t-saoghal mu bheil Cuiread gòraiche agus uiread glòramais air a labhairt agus air a sgrìobhadh 's a tha air a labhairt agus air a sgrìobhadh mu airgiod. Leis mar bhios cuid de dhaoine a' cur sìos air airgiod is ann a shaoileadh tu gu bheil e 'n a thàmailt do dhuine saobhbheas a bhi aige, agus leis mar bhios cuid eile an geall air, shaoileadh tu gur e airgiod a dheanamh crìoch àraidh beatha mhic an duine. Tha airgiod maith agus ro-mhaith 'n àite fhéin, agus cìod an rud a tha maith mur bheil e air a chumail 'n a àite fhéin? Am flùr as maisiche, ma tha e a' fàs ann an àite anns nach 'eil gnothuch aige a bhith, chan e maith ach cron a tha e deanamh. Na lusan agus na flùraichean as bòidheche, ma tha iad a' fàs ann an achadh buntata, their an tuathanach riu salchar. Tha fichead rìoghachd shòlasach a bhios dùinte gu bràth air duine mur bheil a leigeanas-a-leas de airgiod aige. Ma tha meud an saobhbheis 'n a bhuaireadh domhóran dhaoine tha meud am bochdainne 'n a bhuaireadh do àireamh as motha. An uair a théid mi thairis 'n am intinn air na daoine air a bheil mi mion-eòlach (chan 'eil mi ag ràdh dad mu na daoine as aithne dhomh fada bhuam le bhi leughadh umpa anns na paipearan-naigheachd) chan 'eil 'n am measg uile gu léir ach còig no sé o'n tugainn air falbh cuid de 'n airgiod a tha aca, air ghaol daoine as fheàrr a dheanamh dhiubh. A thaobh a' chorra de mo luchd-eòlais bheirinn dhaibh an tuilleadh 's a tha aca, agus bhithinn cinnteach nach ann idir air seachran air Dia a bha mi 'g an cur, ach gu'n robh mi a' toirt daibh

Tha iomadh là o nach fhaca mise eaglais Ròduil, ach bu mhaith leam a' faicinn aon uair eile. Ach b' fhearr leam na sin a bhi aig aoradh innte, is fonn nan salm a chluinntinn far an robh na sailm air an seinn m'an robh eaglais 'no rìoghachd na h-Alba ann. Tha e air a ràdh gu bheil na feanntagan a' fàs cho àrd agus cho dùmhail anns a' chladh 's gu bheil móran de na clachan agus na leacan air am folach leò; ma tha so fìor, dh' fhaodadh an sgoil-shamhraidh na feanntagan a ghearradh, is bhiodh sin 'na leasan cho mhaith dhaibh ri leasan air bith eile a thatar a' toirt dhaibh.

cothrom air ruighinn air beatha as farsuinge agus as àirde na tha comasach do dhaoine air a bheil ro-chùram mu airgiod daonnan.

Tha e fìor nach dean airgiod daoine sona; thubhairt an Neach a bu ghlice a bha riamh air thalamh nach ann am mòr-phailteas nan nithe a tha e a' sealbhachadh a tha beatha an duine; ach chan ann an gainne nan nithe a tha e a' sealbhachadh a tha a bheatha na 's mò. An uair a dh' fheòraich an Seanalair Bramwell Booth de Cecil Rhodes an robh e sona, is e a thubhairt an duine sin, duine aig an robh na muilleanan, "Mise sona! tha fhios aig Dia nach 'eil mise sona," "Chan 'eil ach aon àite," arsa Bramwell Booth, "far am faigh thu an sonas a mhaireas, aig casan an t-Slànuigheir a chaidh e cheusadh air ar son, oir is ann an sin a mhàin e gheibh sinn fuasgladh bho ar peacaidhean."

Ach ged nach 'eil an sonas as àirde an crochadh ri airgiod, tha an t-airgiod anns a' bheatha so coltach ris an ùleadh a bhios tu a' cur air rothan nan cairtean no air cuibhlichean nan càraichean. Bheir e air na cuibhlichean dol mu 'n cuairt gu réidh, sàmhach. Is e am feum as motha a tha ann an airgiod, *gu'n toir e dhuit saorsa gun bhi smuaineachadh air airgiod idir.* "Na toir dhomh bochdainn no beartas; beathaich mi le biadh a bhios iomchuidh air mo shon." Chan 'eil saorsa aig an fheadhainn aig a bheil ro bheag de airgiod, agus cha mhò a tha saorsa aig an fheadhainn aig a bheil ro mhòr dheth, ach eadar an dà sheòrsa sin tha àireamh mhór dhaoine ann d'am bheil airgiod a' tabhairt saorsa phrìseil.

Mar a bheannaich Dia leabhar beag

THA móran dhaoine a' sealltainn sìos le tàir air 'n a sgrìobhadh ris an abrar *Tractaidhean*. Ach is toigh leamsa *Tractaidhean*, ma tha iad air an sgrìobhadh gu simplidh agus ma tha dreach na fìrinn orra. Agus an àite a bhi sealltuinn sìos orra bu mhaith leam riaghailt ùr a dheanamh a thaobh oileanachadh mhinis-

tearan; nach biodh ministear òg air a leigeil a mach as a' Chollaiste no comas searmonachaidh air a thoirt dha gus an sgrìobhadh e *Tract*. Chuireadh sin dearbhadh air a theagasg agus air a theachdaireachd nach cuireadh ceasnachadh ann an Eabhra.

Bho chionn ghoirid bha mi a' leughadh beatha

an diadhair, Newman Hall, duine a rinn obair mhór ann an aobhar an t-soisgeil, ach ged bha a làmh ann an cùisean cudthromach, agus ged shearmonaich e ann an eaglaisean móra an làthair phrionnsachan an t-sluaigh, is e an obair a bu bhuannachdaile a rinn e riamh *tract bheag* a sgrìobh e.

Bhiodh e a' searmonachadh air na sràidean, agus gu sònruichte air cùl-shràidean a' bhaile, far an robh daoine neo-chùramach agus neo-dhiadhaidh aig nach robh cothrom eile air an t-soisgeul a chluinntinn. Feasgar a bha e a' seinn laoidh dhaibh anns an robh na briathran, *Thigibh gu Iosa an tràth-sa*, thuirt e ris fhein nach robh soisgeul eile a b' fheàrr a thoirt daibh na sin. Aig an àm so d'a bheatha ghabh e fiabbrus-lòinidh gu dona; anns an leabaidh thàinig an smuain 'n a inntinn gu'n do sgrìobh e tractaidhean mu stuamachd agus tractaidhean mu aonadh nan eaglaisean, ach nach do sgrìobh e riamh tract a' toirt cuireadh an t-soisgeil do pheacaich.

Chuir e roimhe gu'n deanadh e an obair ud gun dàil, agus gu'n gabhadh e an cothrom a thug Dia dha air seirbhis a dheanamh dha air an leabaidh ris nach fhanadh e an uair a bha e luath làidir.

Sin mar chaidh an tract bheag ud a sgrìobhadh, *Thigibh gu Iosa*, tract a chaidh muilleinean dhi a reic; a bha air a tionndadh gu leth-cheud cànan eile a thuilleadh air a' Bheurla, agus a bha air a beannachadh le seula agus cumhachd an Spioraid Naoimh do iomadh anam.

Gheibhear i anns gach cànan 's an Roinn-Eòrpa, eadhon an Romani, cànan nan ceàrd; gheibhear i ann an Japan, anns na h-Innsean, agus ann an eileanan iomallach na Pacific. Bha i air a leughadh le Pàpanaich cho mhaith ri Pròstanaich, agus bha i 'n a meadhon air daoine iompachadh nach robh roimhe sin a' creidsinn ann an Dia. Mar is trice chan 'eil ana-creidich air an iompachadh le argumaidean no le solus reusoin ach leis a' chumbachd dhìomhair sin a tha daonnan a' dol an cois Facal Dhé.

Achan Dùthcha

(Bha na rannan so air an sgrìobhadh an toiseach a' chogaidh, an uair a bluris an tuil air an t-saoghal.)

A Rìgh nan Dùl

A b' iùl d' ar daoin 'o chian,

Ri m' iarrtus éisd;

Thar tìr mo ghaoil, O sgaoil do sgiath,

Is dìon i Dhe,

Is dìon i Dhe.

Ta iad air chéin

'G an iobradh fein 's a' bhlàr,

Na h-àrmuinn òg—

An gàir nan cath, O dìon o'n tuil

Ar fuil 's ar feòil,

Ar fuil 's ar feòil.

Ri uchd gach oillt

O'n oidhche gus an là,

Bi ghnàth 'nan ceann;

Gach ìosal dhaibh, ma 's buaidh no bàs,

Mar àird nam beann.

Mar àird nam beann.

A Rìgh nan Gràs,

Ma 's cupan làn de leòn

Do dheòin d' ar taobh;

Mur till gu bràth ar fuil 's ar feòil

Gu còrs' an gaoil,

Gu còrs' an gaoil;

Gu seinn sinn salm,

Mu 'm falbh sinn air an sàil

Thar fàir o'n ghleann

Do 'n Tì a dheònuich dhaibh am bàs

An àird nam beann,

An àird nam beann.

An t-Urramach COINNEACH MAC LEÒID, D.D.,
an Giogha.

Muinighin ann an Dia

DO shlighean uile is d' iargain

Thoir thusa suas gu léir

Dhàsan a sgaoil an iarmailt

'S a chruthaich grian is reul,

Fear-treòrachaidh nan saoghal

'N an cùrsa ait troimh 'n speur,

Fear-stiùraidh neòil is ghaoithean

Fo d' chois ni slighe réidh.

Cha bhuannachd dhuit le cùram

A bhì 'g ad chlaoidh gun tàmh;

Tre spàirn, no neart, no dùrachd,

Cha toir thu buaidh gu bràth;

Biodh rìoghachd Dhé, is 'aobhar
An còmhnuidh dlùth do d' chrìdh,
Feith Air-san is m' an saoil thu
Do rùn-sa thig gu crìch.

Do ghràs is d' fhìrinn shìorruidh,
O Athair, bheir mu'n euairt
Na chi do mhaitheas fìorghlan
'Tha ceart is glie do d' shluagh;
Na roghnaich Thu d' an taobh-san
Gu cinnteach gheibh do chlànn;
Gun mhearachd is gun chlaonadh
Còimhlìonar e 'n a àm.

An Céitein

Cuairt na Gealaich

A' cheud cheathramh, an dara là
An solus làn, 9mh là

An ceathramh mu dheireadh, 16mh là
An solus ùr, 24mh là

“Oir b'i àithne an rìgh mu'n tìmhchioll gu'm biodh cuibhrionn àraidh air an son,
a dh'lighe féin air gach là.”—NEHEMIAH, xi. 23.

- | | | | |
|-----------------|---|-----------------|---|
| 1. Di-Luain | Gug-ùg, ars' a' chuthag, latha buidhe Bealltainn. | 17. Di-ciadaoin | Is rìgh duine 'n a thigh féin. |
| 2. Di-Màirt | Nollaig an diugh, Bealltainn am màireach. | 18. Di-ardaoin | Is farsuing a sgaobileas an dreathan a chasan 'n a thigh féin. |
| 3. Di-ciadaoin | Sneachd mu bheul na Bealltainn. | 19. Di-haoine | An ceòl as binne a chualas riamh, Tiugainn dachaidh. |
| 4. Di-ardaoin | Is fheàrr sneachd 's a' Chéitein na bhi gun uisge. | 20. Di-Sathuirn | Tìgh gun chù, gun chat, gun leanabh, tìgh gun ghean gun ghàire. |
| 5. Di-haoine | Is leigheas air gach tinn Creamh is im a' Mhàigh. | 21. Di-Dòmhnai | An tìgh a tha ri thogail do'n Tighearna, is còir a dheanadh mòr agus àrd, a chum gu'm bi e ainmeil agus 'n a aobhar uaill air feadh gach uile thùr.—I. Eachdraidh, xxii. 5. |
| 6. Di-Sathuirn | Luibh Chalum Chille, gun sìreadh gun iarraidh, 'S a dheòin Dia cha bhàsaich mi nochd. | 22. Di-Luain | Ruigidh dàil dorus. |
| 7. Di-Dòmhnai | An uair achùreas a' chraobh-fhìge a mach a duilleach tha fhios agaibh gu bheil an samhradh am fagus.—Mare xiii. 28. | 23. Di-Màirt | Dean an t-òlc is fan ri dheireadh. |
| 8. Di-Luain | Caidlidh duine air gach goirteas ach a ghoirteas fhéin. | 24. Di-ciadaoin | An rud a gheibhear aig ceann an deamhain, caill-eir e aig earball. |
| 9. Di-Màirt | Tha smùdan féin á ceann gach fòid
Is dòruim ceangail ris gach maith. | 25. Di-ardaoin | Is mairg a ni de'n òlc na dh' fhaodas e. |
| 10. Di-ciadaoin | Chan 'eil saoidh air nach laigh leòn. | 26. Di-haoine | Comhfhurtachd an duine dhona, duine eile cho dona ris féin. |
| 11. Di-ardaoin | Thig Dia 's an aire, 's chan aire an uair a thig. | 27. Di-Sathuirn | Imrich Shathurna mu thuath,
Imrich Luain mu dheas; |
| 12. Di-haoine | Gheibh faighidinn furtachd is gheibh trusdar bean. | 28. Di-Dòmhnai | Ann an lionmhoireachd mo smuaintean an taobh a stigh dhìom thug do chomhfhurtachd-sa sòlas do m' anam.—Salm xciv. 19. |
| 13. Di-Sathuirn | Ni droch dhuine dàn dha fhéin. | 29. Di-Luain | Ged nach biodh agam ach an t-uan
'S ann Di-Luain a dh' fhalbhainn leis. |
| 14. Di-Dòmhnai | Ni thu aoradh do'n Tighearna do Dhia, agus dha-san 'na aonar ni thu seirbhis.—Mata iv. 10. | 30. Di-Màirt | Chan 'eil do dhuine sona ach a bhreith. |
| 15. Di-Luain | A chailleach, an gabh thu 'n Rìgh? Cha ghabh 's nach gabh e mi. | 31. Di-ciadaoin | Is tric a fhuair fear na roghainn diù. |
| 16. Di-Màirt | Is coma leis an rìgh Eòghan, 's is coma le Eòghan co dhùibh. | | |



Aideachadh gun deanadas

Car son a ghoireas sibh, a Thighearna, a Thighearna, dhiom-sa, agus nach dean sibh na nìthan a tha mì ag ràdh?—LUCAS vi, 46.

LEIS AN URRAMACH RUAIRIDH MOIREASDAN, LIT. A., AN STEÒRNABHAGH

THA Crìosd anns na briathran so gu soilleir a' cur an cèill gur h-e ar deanadas a dhearbhas cìod e an luach a tha 'n ar n-aideachadh. 'S ann a thaobh an aideachaidh nach 'eil air a leanntuinn le gnìomh tha Crìosd ag ràdh, "Car son a ghoireas sibh, a Thighearna, a Thighearna, dhiom-sa?" Chan 'eil luach ann; chan 'eil buannachd do neach sam bith ann; cha ghabh Crìosd ris. B'fheàrr dhuinn nach do rinn sinn idir e.

Chan e nach 'eil luach ann an aideachadh. Tha Crìosd a' leigeil mòr-chudthrom air aideachadh. 'S e dleasnas gach neach Crìosd aideachadh. Tha sinn fada, fada mach as ar slighe, gach anam againn, mur 'eil sinn 'ga aideachadh. 'S e Crìosd tighearna nan uile, agus 's e dleasnas nan uile a bhì ag ràdh, a Thighearna, a Thighearna, ris; agus mur 'eil sinn 'ga ràdh, tha sinn a' diùltadh dha a eòirichean; tha sinn a' seasamh a mach ann an ceannaire 'na aghaidh.

Aideachadh? Ach cìod e a tha ri aideachadh? Tha, tighearnas Crìosd. Nis, innis dhuinn cìod e a tha air a chiallachadh le tighearnas Crìosd: nach robh Crìosd riamh, eadhon o thoiseach na siorruidheachd, 'n a thighearna? Bha, gun teagamh. Tha an t-abstol a tha sgrìobhadh a dh' ionnsuidh nan Eabh-rach ag innseadh dhuinn gur h-ann tre 'n Mhac, dara pearsa na Diadhachd, a chruthaicheadh na saoghail, agus mar sin, ged nach biodh am Mae riamh air nàdur na daonnachd a ghabhail, b'e gu dligeach, mar an neach a thug bith dhaibh, tighearna nan uile. Gidheadh, ged tha sin fìor agus ri chreidsinn, chan e gu sònruichte a thighearnas mar chruithear ris am bheil Crìosd ag amharc anns a' cheann-teagaisg. 'Nuair a labhair Crìosd na briathran so bha e anns an fhèoil aghaidh ri aghaidh ris na daoine a bha fa chomhair, agus 's e a thighearnas mar an neach air an robh iad eòlach a tha 'n a shealladh. Bha iad sud 'ga leanntuinn mar am maighstir, mar am fear-teagaisg a bha labhairt briathran Dhe riu, agus 's ann ri thighearnas anns an t-seadh so tha e sealltuinn. Ma tha iad sud 'ga aideachadh mar an ceannard, mar am fear-teagaisg, 's e thoil-san as còir a bhì 'na riaghailt caithe-beatha dhaibh. Ach gu ro-shònruichte,

agus ann an làn-sholus an fhoillseachidh air Crìosd a tha againn anns an Tiomnadh Nuadh. 's e Crìosd tighearna nan uile mar tha e a nis ann an nàdur na daonnachd air eathair na Glòire anns na nèamhan shuas. Chaidh e suas an déidh dha le fhuil tighearnas as ùr a chosnadh dha féin os cionn slìochd an duine air fad, agus 's e dlìghe Crìosd o gach anam duine air uachdar na talmhainn agus air feadh na siorruidheachd, gu'n can iad uile, a Thighearna, a Thighearna, ris. Air a bhialaobh seasaidh iad uile air là mór a' bhreitheanaidh, agus mar thighearna nan uile bheil ean breith air gach neach fa leth dhiubh. Bheil fhios agad, a dhuine, gu'm bheil do thearnadh an crochadh air thu bhì ag aideachadh Crìosd mar do Thighearna? Nach 'eil cuimhne agad air briathran an abstoil?—"Ma dh' aidicheas tu le do bheul Iosa mar do Thighearna, agus ma ehreideas tu ann do ehridhe gu'n do thog Dia o na mairbh e, gu'n saorar thu." Tha, mar sin, do bheatha an crochadh air thu bhì ag aideachadh tighearnas Crìosd. Na saoil, a ris, gu bheil ni sam bith a mach as àite ann a bhì ag ràdh, a Thighearna, a Thighearna, ri Crìosd. 'S ann tha thusa fada, fada mach as d' àite mur 'eil thu 'ga ràdh ris. Agus na tilg elach air neach sam bith a tha 'ga ràdh ris.

Tha cuid, o Shàbaid gu Sàbaid, le an gnìomh 'nuair a shuidheas iad sìos aig Bòrd na Suip-earach, ag ràdh, a Thighearna, a Thighearna, ri Crìosd. Agus bithidh Crìosd fhéin aig a' bhord ag ràdh riu, "Tha sibh a' gairm Maighstir agus Tighearna dhiom-sa; agus tha sibh ag ràdh gu maith; oir is mi sin." 'S ann is bochd nach robh tuilleadh aig a' bhord a' cluinntinn Crìosd ag ràdh so riu féin; 'se an call fhéin agus call na h-Eaglais nach robh; agus tha an Soisgeul air a shearmonachadh a chum gu'n tig iad.

Tha sinn a' faicinn, a ris, gur h-e an ni a tha 'n a dleasnas air na h-uile Crìosd aideachadh mar Thighearna, agus gu'm bheil an fhìor Crìosdaidh a' gabhail tlachd ann a bhì deanamh an aideachaidh so, agus nach 'eil leisgeul sam bith aig duine sam bith gun a bhì 'ga dheanamh. 'S e dleasnas nan uile a bhì ag ràdh, a Thighearna, a Thighearna, ri Crìosd.

A nis, tha so 'g ar toirt a dh' ionnsuidh a' ghearain a tha Criosd a' deanamh ann am briathran ar ceann-teagaisg: "Car son a ghoireas sibh, a Thighearna, a Thighearna, dhìom-sa, agus nach dean sibh na nithean a tha mi ag ràdh?"

'S e gnìomh a dhearbhas an luach a tha ann an aideachadh sam bith. Mur 'eil an gnìomh a réir an aideachaidh, tha an t-aideachadh a' call a luach. Tha Criosd a' cur a sheula air an teagasg so.

A nis, ann a bhì ag ràdh, a Thighearna, a Thighearna, ri Criosd, tha sinne ag aideachadh gur h-i toil Chriosd an riaghailt-stiùiridh dhuinne 'n ar n-uile ghniomharan, agus nach i idir ar toil fhéin no toil duine sam bith eile. 'S e Criosd ar Tighearna: cheannaich e gu daor le fhuil sinn, choisinn e le ghràdh sinn, agus tha làn choir aige, agus tha sinne ag aideachadh gu'm bheil, air ùmhlachd iomlan uainne d'a thoil;—seadh, chan ann a mhàin 'n ar gnìomharan faeasinneach, ach mar an ceudna ann an uile ghluasadan ar spioradan an taobh a stigh dhinn.

Cha bu chòir dha a bhì ro-dhuilich do Chriosaiddh sam bith aithne a bhì aige ciod i toil Chriosd. Tha dà leabhar fhosgailte againn anns am faod sinn a leughadh: am Biobull o cheann gu ceann agus eisimpleir Chriosd fhéin; agus tha an dà leabhar a tha ann an sin air an soille-seachadh dhuinn leis an Spiorad Naomh a tha air a ghealltuinn dhaibh-san a dh'iarraas e. Feith thusa aig cathair gràis air son frith-ealaidhean an Spioraid air d'anam, agus chan fhàgar ann an dorchadas thu air ceum do dhleasnais. Mar a thubhairt an Salmadair, "Ann an dorchadas éiridh solus do na fir-eanaibh."

Ach chan e idir aineòlas air toil Chriosd, mar is trice, is coireach nach 'eil toil Chriosd a' faotainn uainne an ùmhlachd dligheach. Mo thruaighe, ged tha miann bheò agus iartus làidir 'n ar cridhe toil Chriosd a dheanamh tha sinn ro thrì 'gar faotainn fhéin air ar tarraing gu gnìomharan no gu cleachdidhean a tha làn fhios againn nach 'eil a réir toil Chriosd. Agus

ciod is urrainn sinn a dheanamh anns na suidh-ichidhean sin? O, ciod ach dìreach 'le aithreachas a thighinn a dh'ionnsuidh Chriosd ag aideachadh ar seachran, agus ag iarraidh gràs a chum gu'm bi sinn na 's seasmhaiche an ath uair an aghaidh a' bhuaireadh. 'S math tha fhios aig Criosd air ar n-annhuinneachd, agus 'nuair a chi e sinn aig a chasan leaghte sìos le aithreachas, a' chuile bhrùite cha bhris e, agus an lion dheth 'm bheil caol-smùid cha mhùch e.

Ach saoilidh tu, o bhriathran ar ceann-teagaisg, gu'm bheil Criosd a' cur as leth dhaoine gu robh iad ag ràdh, a Thighearna, a Thighearna, ris-san agus nach robh iad a' deanamh oidhirp sam bith a thoil a dheanamh. Chan 'eil leisgeul nan daoine sin ri ghabhail idir. Chan 'eil annta ach foirmalaich no cealgairean, agus a' chaint bu chruaidhe a labhair Criosd riamh, 's ann an aghaidh an leithid sin a dhaoine a labhair e. Gu'n saoradh Dia sinn uile o thighinn fo'n diteadh sin.

B'e suim an lagha a thug Dia air tús tre Mhaois, "Gràdhaichidh tu an Tighearna do Dhia le d'uile chridhe, agus le d'uile anam, agus le d'uile inntinn," agus, "Gràdhaichidh tu do choimhearsnach mar thu fein." Thàinig sinn uile gearr air sin a dheanamh, ach rinn Criosd air ar son e. Tha sinn a nis fo fhiachan dha-san oidhirp a dheanamh air an dearbh lagh so a choimhlionadh as a dhéidh-san, ach tha sinn anns an t-suidheachadh bheannaichte gu'm bheil a ghealladh fhéin againn gu'm bi e maille ruinn anns an oidhirp, agus gur leòir a ghràs air ar son chum ar cuideachadh gu bhì 'ga dheanamh. Agus ma tha sinn le annhuinneachd creidimh a' fàilneachadh a bhì tarraing air a ghràs mar as còir dhuinn, nach math gu'm faod sinn a thighinn air ais thuige fhein, ag aideachadh ar teachd gearr, agus gu'm bheil sìor-bhuanachadh nan naomh chum foirfeachd a' comh sheasamh ann an sìor-thoiseachadh as ùr an déidh gach fàilneachadh. Ruigidh sinn là-eigin air a thoil a dheanamh gu coimhlionta, agus dha-san buinidh a' ghlòir.

Mortadh nam Famhairean

LEIS AN URRAMACH IAIN MACAOIDH, M.A., PORT-RÌGH

NUAIR bha sinn òg, bha cuid againn còlach air a bhì leughadh mu ghille beag, foghainteach, a chaidh a mach a lorg fhamairean móra chum am marbhadh (Jack, the Giant-Killer). Tha eachdraidh gach uile chinneach, gu ìre bhig, a' toirt cunntas air famhairean a bha iargalt 'n an coltas agus uamhasach 'n an gnìomh; tha eachdraidh na Gréig agus na Ròimh a' toirt iomradh air cuid diubh so, roimh

robh mór-eagal aig an t-sluagh chumanta, air chor agus aig amannan gu'n robh iad ag aoradh dhoibh. Tha cunntas againn air diathan móra mar a bha Iupiter agus Hercules, Vulcan agus Mars, cuspairean roimh an do chriothnuich am pobull, famhairean na cruinne; agus tha againn ann an eachdraidh ar Gàidhealtachd féin, aithris air gaisgich mhór na Fèinne, Fionn agus Ossian, Oscar agus Diarmad. Gle thràth tha

an Seann Tìomnadh ag aithris gu'n robh "famhairean air an talamh anns na làithean sin," (Gen. vi. 4), agus nach d' thug na deichnear ghealtach de luchd rannsachaidh Chanaain air ais gu Maois sgeul nan creach mu na daoine cumhachdach a chunnaic iad air an turus? "Na famhairean" ars' iadsan, "mic Anaic, a thàinig o na famhairean, agus bha sinne 'n ar sealladh fein mar fhionnain-fheòir, agus bha sinn mar sin 'n an sealladh-san" (Air. xiii. 33). Seall a rithist air Goliath, am Philisteach, an curaidh sin a chuir crith ann am feòil Shaul eadhon, agus Israel uile; ach a thaobh ri Chanaain, dh' aindeoin cloinn Anaic, thubhairt Caleb "Rachamaid suas a dh'aon fheachd agus sealbhaicheamaid e: oir is urrainn sinn gu cinnteach a cheannsachadh" (Air. xiii. 30); agus mu Gholiath am Philisteach, thubhairt Daibhidh, an t-òganach, "Na fannaicheadh cridhe duine sam bith air a shon-san: thèid do sheirbhiseach agus cogaidh e ris an Philisteach so" (1 Sam. xvii. 32).

Sin an spiorad anns am buineadh e dhuinn dol an coimeamh na famhairean a bhithas a' cur eagail oirnn anns an t-saoghal so. Tha iad ann, mórán diubh; araon ann a riochd *shuidh-ichidhean spioradail, dhleasdanasan laghair, agus dhroch cleachdaidh*, d' am faod sinn a bhi buailteach. Tha am famhair an-ìochdmhor sin, *Eu-Dochas*, a' toirt am braighdeanas na mìltean, mar a thug e Criosduidh bochd agus a chompanach gus an d' fhuair iad a mach as a phrìosan anns an do ghlas e iad, le bhi deanamh feum de dh' iuchar a' Gheallaidh. 'S e dol air aghart mar a chaidh Daibhidh ann an aimm Thighearna nan Sluagh, agus feum mhath a dheanamh de'n eòlas tha againn, an t-slighe gu buaidh. Chan 'eil an toil féin gu bhi aig na famhairean an còmhnuidh, 's fhada ma 's 'eil! "Dh' amhaire mise, agus chunnaic mi," ars' an searmonaiche "nach ann do'n duine luath an réis, no do'n duine threun an cath." Dìreach sin; feumaidh sinn a thuigsinn gu'n saor an Tighearna le beagan no le mórán. 'S e dhol a mach le creidimh agus ar n-aghaidh a chur air na nithean a tha cur eagail oirnn. "Chan 'eil air a chruadal ach cruadhachadh ris," mar tha an seann-fhacal 'ga chur. "Na h-Eiphitich a chunnaic sibh an diugh," arsa an Tighearna ri Maois, "chan fhaic sibh iad a chaoidh tuilleadh" (Ees. xiv. 13).

Tha na famhairean 'n an cùis eagail gus an cuir sinn ar n-aghaidh orra; ach bheirear buaidh orra fa dheòidh. 'S gann gu 'm beil cuspair duilich air bith air nach toirear buaidh uair-eigin. Thugadh buaidh a nis air a' bheinn mhóir sin, Everest, as àrda a th'ann, aig am beil a mullach còrr air 29,000 troidh os ceann uachdar na mara. Chaidh aig daoine, le dilseachd agus cruaidh oidhirp, air fìor cheann Tuath an t-saoghail (North Pole) agus an fhìor

cheann Deas (South Pole), a ruighinn, agus cò a chreideadh gu'n gabhadh sin àite gus an do thachair e? Cò chreideadh anns an linn a chaidh seachad gu'm biodh buaidh againn thairis air iomadh cumhachd a tha againn an diugh fo chis? Ach sin mar a tha. Chaidh fear de dhaoine treuna Dhaibhidh fhein, Benaiah, aon uair a mach agus mharbh e leòmhann ann an slochd ri àm sneachd' (2 Sam. xxiii. 30). Feumaidh e bhith nach do luidh aon chuid am fuachd no an leisg air a chnàmhan; tha ann a sin féin dithis fhamhairean do na chuir Benaiah as aig a' cheart àm aig na mharbh e an leòmhann. Tha famhairean do-àireamh ann, ach 's ann gu dlùthachadh riu; tha sliochd nam famhair fhathast lionmhor; *tha Fuath agus Amharus, Misg agus Neo-ghloine, etc.*, a' deanamh sgrios air anama dhaoine a ghnàth, agus cò tha comasach air buaidh a thoirt orra? Chan e a dhol a mach le stòl 'n ar làimh air Sàbaid Comanachaidh (ged nach 'eil dad ceàrr air a sin) buaidh a thoirt air na plàighean ud. Feumaidh sinn dol a mach a Shàbaid agus a sheachduinn fo 'r làn armachd, agus mur bi sinn cho math air Di-luain agus a bhithes sinn air an t-Sàbaid, tuitidh sinn ann an làmhnan chloinn Anaic, no na Philistich, no naimhdean neothruacant air choir-eigin. Chan 'eil teagamh sam bith nach e am fear as fearr a ghleidheas an t-Sàbaid am fear as fearr a ghleidheas Di-luain agus Di-màirt agus an còrr de 'n t-seachduinn, am fear a thèid am mach ann an aimm an Tighearna a h-uile latha a dh' èireas e, agus a chuireas aghaidh air na tha roimhe. Ann an latha an Tìomnaidh Nuaidh, feumaidh sinn Spiorad an Tìomnaidh Nuaidh, agus Eadar-mheadhonar an Tìomnaidh Nuaidh. Famhairean garg r' an ceannsachadh, agus na'n gabhadh sin deanamh, ra'm mortadh; agus an "diabhol mar leòmhann beuchdach, ag imeachd mu'n cuairt a' sireadh cò dh' fheadas e shlugadh suas" (1 Pead. v. 8); ach, ann am briathran an t-abstoil Phòil, buidheachas do Dhia tha toirt dhuinn na buaidh tre ar Tighearna Iosa Criosd.

Tha na naimhdean lionmhor, ach tha Criosd buadhach; oir is éigin gu'n rìghich e gus an cuir e a naimhdean uile fo a chasan. Sgriosar an nàmhaid deireannach, am bàs (1 Cor. xv. 25-26). Tha an saoghal, an diabhol, agus an fheòil: tha ana-mianna nan sùil, ana-mianna na feòla, agus uabhar na beatha, sliochd nam famhair agus nan dràgon, fhathast maille ruinn, agus chan 'eil e furasd' cur as doibh. Chan 'eil ach aon dòigh air an gnothuch a dheanamh orra, agus 's e sin,—Criosd a chur eadar sinne agus iad, agus iadsan a nì sin seasaidh gu treubhach os ceann chloisichead nam famhair, air dhoibh an fheòil a cheusadh maille r'a h-an tograidhean agus a h-ana-miannan, agus anns an t-strìth a' toirt tuilleadh agus buaidh trid-san a ghràdhach sinn."

Eaglais an Tiomnaidh Nuaidh

LEIS AN URRAMACH TOMAS M. MACCALMAIN, M.A., MINISTEAR GHLINN EILGE

AM measg nam prìomh-nithean ann an each-druidh an t-saoghail agus beatha a' Chrìosduidh tha an nì sin ris an abrar "An Eaglais." Agus ciod i eaglais? Chan 'eil e idir cho furasda a' cheisd so fhuasgladh agus a shaoileas neach, oir that scadh no dhà aig an fhacal "eaglais." Theirear "eaglais" ris an ionad-aoraidh ud anns a' chill far am bi sinn a' cruinneachadh Di-dòmhnuidh, mar a rinn ar sinnsearan romh-ainn, 'g ar taisbeanadh féin an làthair ar Dé. Theirear "eaglais" ris an fheadhainn a bhitheas a' cruinneachadh an sin mar choimhthional. Theirear "eaglais" ris a' bhuidheann mhór chreidmheach air feadh an t-saoghail, "as gach uile thréibh agus theangaidh agus shluagh agus chinneach." Theirear "eaglais" mar an ceudna ri gach meur agus roinn de 'n bhuidheann mhór so—Eaglais Easbuigeach, Eaglais Chléireachail, Eaglais na Ròimhe, Eaglais Shasunn, Eaglais na h-Alba, Eaglais *Wesley*, Eaglais nam Baisteach, agus móran eile. Gidheadh chan i an fhìor eaglais aon air bith diubh sin, oir tha i 'gan gabhail a stigh uile, agus tha i na's motha agus na's farsuinge na iad uile.

Na ceud chreidmheach

Air son freagairt thoirt do'n cheisd "Ciod i eaglais?" feumar dhol air ais do'n Tiomnadh Nuadh a dh' ionnsuidh an linn sin anns nach robh fhathast ionadansònruichte aig Crìosduidhean anns an deanadh iad aoradh, agus anns nach robh fhathast roinnean am measg nan creidmheach.

An déidh do Chrìosd dhol air ais do Ghlàir, chum a luchd-leanmhuinn air adhart a' frith-ealadh seirbhisean an teampull agus na sionagoig ris an robh iad air an cleachdadh mus tàinig Crìosd. "Chaidh Peadar agus Eoin le chéile suas do'n teampull aig uair na h-ùrnuigh" (Gnìomh. iii. 1). Ach an uair a bha na creidmheach a' cruinneachadh mar Chrìosduidhean chum co-chomuinn a bhi aca maille r'a chéile agus maille r'um Maighistir tré an Spiorad a gheall e dhaibh, b'ann ann an tighean-còmhnuidh cumanta a bha iad a' cruinneachadh. Tha Lucas ag innseadh dhuinn 'na shoisgeul (Lucas xxiv. 50-53) gu'n tug Iosa "mach iad co fhad as Betani, agus thog e suas a làmhan, agus bheannaich e iad, agus am feadh a bha e 'gam beannachadh dhealaicheadh riu e agus thogadh suas gu nèamh e; agus rinn iad aoradh dha, agus phill iad gu Ierusalem le gairdeachas mór; agus bha iad a ghnàth anns an teampull, a' moladh agus a' beannachadh Dhé." Agus anns an leabhar eile a sgrìobh Lucas, Gnìomharan nan Abstol, tha e ag ràdh gur e a' cheud

nì a rinn na deiseiobuil air an latha mhór ud, air dhaibh pilleadh gu Ierusalem, "an uair a thàinig iad a steach, chaidh iad suas do'n t-seòmair uachdarach, . . . Bhuannaich iad so uile (an aon fhear dheug) a dh'aon inntinn ann an ùrnuigh, maille ris na mnathan agus Muire, màthair Iosa, agus maille r'a bhàithrean" (Gnìomh. i. 12-14). B'e so an ceud choimhthional de'n Eaglais Chrìosdail, agus b'e tigh Muire màthair Eoin Marc an ceud ionad-aoraidh, oir tha e air aithris gur e seòmair ann an tigh Mhuire sin an seòmair uachdarach air am bheil iomradh air a dheanamh an so, agus gu'm b'e so mar an ceudna an seòmair sin anns an do ghléidh Iosa agus a dheiseiobuil an t-suiper dheireannach. Agus an déidh Latha na Cuin-gis, tha Lucas ag innseadh, chan e mhàin gu'n robh iad a' buannachadh a dh'aon inntinn anns an teampull, ach gu'n robh iad a' briseadh arain o thigh gu tigh (Gnìomh. ii. 46). Mar sin, aig an àm so, agus anns an Tiomnadh Nuadh gu léir, chan abrar "eaglais" uair air bith ri ionad-aoraidh, oir cha robh ionadan sònruichte fhathast aig na Crìosduidhean air son an dleasdànais sin. Bha iad a' cruinneachadh chum aoraidh Chrìosdail agus co-chomuinn bhràthaireil ann an tighean a chéile. Agus theirteadh "eaglais" ris a' bhuidheann a bhiodh a' cruinneachadh mar sin, chan ann idir ris an àite anns an robh iad a' cruinneachadh.

Cleachdadh na Gàidhealtachd

Glé thrì anns a' Ghaidhealtachd gheibhear bailtean beaga far nach 'eil ionad-aoraidh sònruichte idir; agus an uair a thig ministear na sgìreachd an rathad chum coimneamh a chumail, tha e a' dol gu tigh air chor-eigin (mar is trice tigh éildeir, no tigh anns am bheil neach tinn air an leabaidh, no tigh anns am bheil seòmair car mór), agus an sin cruinnichidh e r'a chéile muinntir an tigh sin, agus thig na nàbuidhean a steach còmhla riu, agus le chéile feithidh iad air an Tighearna. B'ann dìreach mar sin a bha cùisean anns na ceud làithean anns gach baile far an robh luchd-leanmhuinn Chrìosd. Tha an t-Abstol Pòl a' labhairt mu na h-eaglaisean a tha ann an tigh Acuilta agus Priscila (Rom. xvi. 5) agus tigh Nimphas (Col. iv. 15) agus tigh Philemoin (Philem. 2).

Theirteadh mar sin an toiseach "eaglais" ri buidheann no comunn nan creidmheach anns gach àite, agus chan ann idir ris an ionad anns an robh iad ag aoradh. Air do Iosa an gairm aon an déidh aon, "Thig agus lean mise," thàinig iad aon an deidh aon agus lean iad e, agus mar a bha gach neach a' tighinn as ùr,

fhuir e mach nach robh e idir 'na aonar ann a bhi a' leantuinn an Tighearna Iosa, ach gu'n robh buidheann ghasda ann dhiubh ris an robh an Tighearna a' cur gach latha an dream a theàrnar. Agus de gach buidheann bheag a bha so ghairmeadh " eaglais " an toiseach. Ach anns an Tiomnadh Nuadh chì sinn gu'n deachaidh iad air adhart o sin gu bhi tuigsinn ged bha " eaglais " no comunn beag anns gach baile far an d'ràinig an deagh sgeul mhóraoibhneis, gu'n robh na buidhnean beaga sin air feadh an t-saoghail air an ceangal r'a chéile, agus gu'n robh iad uile 'nan aon chuideachd mhóir—" Eaglais Dhé a cheannaich e le fhuil féin " (Gníomh. xx. 28).

A' brosnachadh a chéile

Tha *Aristotle*, am feallsanach mór Greugach, ag ràdh, " Is creutair comunnach an duine "— is miann le daoine gu nàdurra a bhi ann an comunn a chéile, no, mar a tha Pòl 'ga chur, " Chan 'eil a h-aon againn beò dha fhéin " (Rom. xiv. 7). 'Nar latha féin tha sinn eòlach air daoine a bli 'gan cruinneachadh fhéin r'a chéile ann am buidhnean, a' cur air chois comunnan air son aobharan sònruichte, a dheasbaireachd air ealain-riaghlaidh an stàit, no a' rannsachadh cànan agus litreachais, ealain agus eòlas-leighis, comunnan eile air son Biobuill a chlà-bhualadh agus a chur an lionmhorachd agus air son an soisgeul a chraobh-sgaoileadh. Agus mar a tha an diugh, is ann a bha dà mhìle bliadhna air ais ann an linn an Tiomnaidh Nuaidh. Bha e nàdurra mar sin do na Crisduidhean gu'n cuireadh iadsan cuideachd comunnan air chois air son aobhair shònruichte — a bhi a' seallbhadh a' gheallaidh bheannaichte, " Ge b'e àite anns am bheil dithis neo trìuir air an cruinneachadh an ceann a chéile ann am ainme-sa, tha mise an sin 'nam meadhon " (Mata xviii. 20). Agus bha na h-abstoil a' cur impidh orra a bhi a' cruinneachadh mar so, " Thugamaid an aire d'a chéile chum ar brosnachadh gu gràdh agus gu deagh oibre, gun bhi leagadh dhinn sinn féin a chruinneachadh an ceann a chéile, mar is gnàth le dream àraidh, ach a' comhairleachadh a chéile " (Eabh. x. 24-25). Anns na briathran sin tha againn àithne a bhi a' co-chruinneachadh agus crìoch àraidh gach cruinneachaidh Chrìosdail. Mar sin, bha creidmhuich an Tiomnaidh Nuaidh, anns gach baile anns an robh iad, a' cruinneachadh an ceann a chéile a dh'aon inntinn ann an aon àite. Gu dé bha 'g an comharrachadh a mach o bhuidhnean eile?

Dream air an gairm

An toiseach, bha an t-ainm " eaglais " 'g an sònruichadh a mach. Fhuair sinn am facal " eaglais " tre an Laidionn o'n Ghreugais, cànan an Tiomnaidh Nuaidh. Agus tha am

facal Greugais " *ekklesia* " a' ciallachadh " Gairm a mach " no " Dream air an gairm a mach." B'i an eaglais an fheadhainn sin a mhothaich gu'n robh iad air an gairm a mach le Dia ann an Crìosd, air an gairm a mach o'n t-saoghail agus o'n t-seann chaithe-beatha anns an robh iad a' deanamh toil na feòla, air an gairm gu slighe nuadh agus bheò gu bhi ag imeachd ann an nuadhachd beatha. Chuir Iosa, mar gu 'm b' eadh, a làmh air gach aon diubh ag ràdh, " Is tusa an duine a tha mi ag iarraidh; thig agus lean mise; imich, dean obair an diugh ann am fhìon-lios." Chan e idir gu'n do chuir iadsan impidh airsan an toiseach; b' esan a ghabh an ceud cheum. " Cha sibhse a thagh mise, ach is mise a thagh sibhse, agus dh'òruich mi sibh, chum gu'n rachadh sibh agus gu'n tugadh sibh a mach toradh, agus gu 'm maireadh 'ur toradh " (Eoin xv. 16). Bha iad air an gairm agus air an taghadh leis an Tighearna, agus air an taghadh chum scrìbhis a dheanamh dha. Bha iad air an gairm a mach, air an gairm air adhart, agus air an gairm suas, air an gairm o dhorchadas gu solus, o dhaorsa gu saorsa, agus o dhìomhanas gu seirbhis. Is e fìor ghairm éifeachdach a bha ann. Mar sin bha iad a' neartachadh agus a' brosnachadh a chéile gu bhi gluasad gu cubhaidh do'n ghairm leis an do ghairmeadh iad (Eph. iv. 1), agus gu bhi deanamh tuilleadh dichill chum an gairm agus an taghadh a dheanamh cinnteach (2 Pead. i. 10).

Gràdh Bràthaireil

B'e an dara comharradh air gach buidheann, *Gràdh Bràthaireil*. Do bhrìgh gu'n robh mothachadh aca air a bhi air an taghadh, agus gach neach ag aideachadh gu'n robh a chomh-Chrìosduidh air a thaghadh a cheart cho math ris fhéin, ghairmeadh dhiubh " Am Bràithreachas." " Is aon àrd-mhaighistir a tha agaibh, Crìosd; agus is bràithrean sibh féin uile " (Mata xxiii. 8). Mar sin dh'éirich Peadar suas ann am meadhon nan deisciobul agus thuirt e, " Fheara agus a bhràithrean " (Gníomh. i. 15). O leabhar Gníomharan nan Abstol gu deireadh Leabhar an Taisbeanaidh tha am facal " bràithrean " air a chàradh ri luchd-leanmhuinn Chrìosd suas ri dà cheud uir. Bha Crìosd da-rìreadh 'na cheud-ghin am measg móran bhràithrean (Rom. viii. 29). Bha iad mar aon teaghlach. Bha gràdh Dhé 'gan dlùthachadh r'a chéile. B'e Dia an Athair, Crìosd am Bràthair a bu shine, agus iad uile 'n am bràithrean agus 'n am peathraichean annsan, 'n an comh-oghreacan air a ghràs agus a' giùlan ainme. Mar bhràithrean agus mar mhuinntir-theaghlach Dhé (Eph. ii. 19) b'e aoradh-teaghlach an aoradh, agus bha iad gu tric a' cruinneachadh mu'n bhòrd choitcheann le Crìosd e féin gu spioradail air ceann a' bhùird.

Gu dearbh bha spiorad an teaghlaich cho làidir 'n am measg an toiseach agus nach d' thuir "neach air bith dhiubh gu 'm bu leis féin aon nì a shealbhaich e, ach bha na h-uile nithean coitcheann aca" (Gníomh. iv. 32)—ach chan 'eil cumantas againn gu'n do mhair a' Choitcheannas sin fada.

Corp Chriosd

B'e an treas comharradh gu'n tàinig iad gu bhli ag amharc orra féin mar bhuill de chorp Chriosd. Is e so gu h-àraidh teagasg Phòil. B' iad briathran deireannach Chriosd r'a dheisciobuil, "Thugadh dhomhsa gach uile chumhachd air nèamh agus air talamh; uime sin, imichibh-se"—mar gu 'm biodh e ag ràdh riu, "Is leamsa gach cumhachd; imichibh-se, uime sin, agus deanaimh follaiseach an cumhachd so." Gu corporra bha Criosd a' fàgail an t-saoghail so; gu spioradail bha e fhathast gu bhli anns an t-saoghal. Ach feumar corp air son spiorad a dheanamh follaiseach, dìreach mar a dh' fheumar briathran air son smuaintean a dheanamh aithnichte. Mar sin bha feum aig Spiorad Chriosd air corp tre am biodh e follaiseach anns an t-saoghal, agus trè an cumadh e air adhart an deagh obair a thòisich e air an talamh an uair a bha e a' dol mu'n cuairt a' deanamh maith. Agus b'i an eaglais corp Chriosd. "Is sibhse corp Chriosd, agus is buill sibh fa leth" (1 Cor. xii. 27). Is e beachd mór agus priseil a tha an so air an eaglais, agus tha da nì sònruichte a' sruthadh uaith: (1) Tha eadar-dhealachadh ghràs an oibre is thìodhlacan am measg luchd-leannhuinn Chriosd; tha tìodhlacan againn, eadar-dhealaichte a réir a' ghràs a thugadh dhuinn, mar a tha móran bhall againn ann an aon chorp, agus nach e an t-aon ghníomh a tha aig gach ball (Rom. xii. 6, 4); (2) A dh'aindeòin gach eadar-dhealachaidh, tha sinn uile 'nar n-aon ann an Criosd; ged tha móran bhall ann, chan 'eil ann ach aon chorp (1 Cor. xii. 20). Air ar gairm gu seirbhis, tha obair shònruichte againn uile r'a dheanamh, dìreach mar a tha obair fa leth aig gach ball 'nar corp. Tha an t-sùil, na làmh, na casan, uile a' coimhlionadh an oibre féin. Chan urrainn an t-sùil a ràdh ris an làmh, "Chan 'eil feum agam ort," neo an ceann ris na casan, "Chan 'eil feum agam oirbhse." Mar sin, anns an eaglais faodaidh cuid a bhli 'nan abstoil, cuid eile 'nam fàidhean, luchd-teagasg, luchd-leighis, luchd-riaghlaidh, luchd-cuideachaidh agus luchd-frithleaidh air iomadh dòigh. Chan 'eil na h-uile air an gairm gu bhli 'nan abstoil no 'nam fàidhean—agus is maith nach 'eil. Ach tha na h-uile agus an obair shònruichte féin aca, agus gach obair fa leth feumail do Dhia.

Beachd Phòil

Uime sin coimhlionadh gach neach obair féin le dìchioll. "Ma their a' chas, Do bhrìgh nach

mi an làmh chan ann de 'n chorp mi, nach 'eil de 'n chorp air a shon sin? Agus ma their a' chluas, Do bhrìgh nach mi an t-sùil chan ann de 'n chorp mi, nach ann de 'n chorp i air a shon sin?" (1 Cor. xii. 15-16). Ma their neach, "Cha mhinisteir mi, uime sin chan ann de chorp Chriosd mi," tha e a' dìchuimhneachadh gu'm bheil feum aig an Tighearna air iomadh seòrsa oibreach, agus gu'n do shuidhich Dia na buill gach aon diubh anns a' chorp mar bu toil leis, agus na'm biodh iad uile 'nan aon bhall c'àite am biodh an corp? 'Nar ministeirean, dotairean, luchd-teagasg, a' saothrachadh air muir no air tìr, anns an dachaidh neo anns a' mhachair neo anns a' bhùth-oibreach, faodaidh sinn uile a bhli ag amharc oirnn féin mar bhuill Chriosd—eadhon an fheadhainn a tha air am bacadh le euslaint o bhli saothrachadh mar bu mhath leò, oir tha iadsan mar an ceudna a' deanamh seirbhis dha a tha gu foighidneach a' giùlan a thoile. Ach a dh'aindeòin an iomadh seòrsa oibreach anns am faod buill Chriosd a bhli an sàs, is corp Chriosd iad. Agus ann am fulangas gach aon de bhuill tha esan a' fulang. Anns gach corp le mhóran bhall chan 'eil ach aon chridhe, aon inntinn, aon eanchainn, aon spiorad, a tha a' riaghladh gach buill fa leth, a' comh-pàirteachadh lùth riu, agus a' toirt orra uile a bhli a' comh-oibreachadh maille r'a chéile. Mar sin anns an eaglais, ged is móran bhall sinn le eadar-dhealachadh oibreach is dleasdanas, is e aon spiorad a tha againn uile. Is aon chorp agus aon spiorad a tha ann; aon Dia agus Athair nan uile, a tha os cionn nan uile agus trè na h-uile agus annaibh-se uile; thugadh gràs do gach aon againn a reir tomhas tìodhlac Chriosd; agus thug e obair fa leth do gach ball, chum togail suas a' chuirp, gus an tig sinn uile ann an aonachd a' chreidimh agus eòlas Mhic Dhé chum duine iomlain, chum tomhas àirde lànachd Chriosd, neach as e an ceann o'm bheil an corp uile air a cheangal gu ceart agus air a dhlùthachadh trè an nì sin a tha gach alt a' toirt uaith, a réir oibreachadh éifeachdaich ann an tomhas gach buill, a' faghail fàs cuirp, chum a thogail fein suas ann an gràdh (Eph. iv.).

Pòil is Peadar a' còrdadh

B'e sin an beachd glòrmhor a bha aig Pòil air an eaglais. Tha againn ri bhli 'n ar sùilean, 'n ar làmh, 'n ar casan, do Chriosd, a' leigeil leis a bhli ag oibreachadh a mach a thoil fein annainn agus tromhainn, coma gu dé seòrsa suidheachaidh anns am bheil sinn, no gu dé seòrsa oibre ris am bheil sinn a' cur ar làmh gach latha. Tha an t-abstol Peadar a' dol a mach air a' cheart bheachd ann an samhladh eile. "Tha sibhse," arsa esan (1 Pead. ii. 5-6), "mar chlachan beò air 'ur togail suas 'n ur tigh spioradail, agus is e Criosd am prìomh chlach-oisne thaghte luachmhor," a' chlach-stéidh air am

bheil an aitreach air a togail. Ann an togalach sam bith tha iomadh clach, mór is beag, mais-each is garbh, àrd is ìosal, follaiseach is falaichte, gach aon a' lìonadh a h-àite féin, agus feum orra uile, agus iad uile air an suidheachadh dìreach air a' chloich-bhunait. Is ann mar sin luchd-leamhuinn Chrìosd.

Ainmean is far-ainmean

Tha trì nithean eile mu thimchioll eaglais an Tiomnaidh Nuaidh a dh' fhaodar ainmeachadh gu a bhi a' leudachadh orra. Ghairmeadh "Deisciobuil" dhiubh. Tha an t-ainm sin a' tighinn o'n Laidionn "*discipuli*," facal a tha 'na eadar-theangachadh air a' Ghreugais "*mathetes*," a' ciallachadh "sgoilearan" no luchd-ionnsachaidh. Bha iad uile ann an sgoil Chrìosd, air an teagasg leis anns gach uile còlas agus ghliocas. Ghairmeadh dhiubh cuideachd "luchd na slighe ud." Bha Pòl roimh iom-pachadh a' geur-leamhuinn neach sam bith a gheibheadh e "de 'n t-slighe so" (Gnìomh. ix. 2); bha feadhainn eile a' labhairt uile "mu'n t-slighe sin" (Gnìomh. xix. 9); dh'èirich iomairt nach bu bheag mu thimchioll "na slighe sin" (Gnìomh. xix. 23); agus tha Pòl ag ràdh, "Tha mi ag aideachadh gur ann a réir na slighe sin ris an abair iadsan saobh-chreidimh a tha mise a' deanamh aoraidh do Dhia m'aithrichean" (Gnìomh. xxiv. 14). B'e slighe nuadh a bha ann, anns am feumadh iad a bhi ag imeachd ann an nuadhachd beatha (Rom. vi. 4). A rithidh, "ghoireadh Crìosduidhean de na deisciobuil air tùs ann an Antioch" (Gnìomh. xi. 26). B'e far-ainm a bha ann an toiseach, ainm-maslaidh—luchd-leamhuinn Chrìosd, an

duine marbh a shaor daoine eile ach nach robh comasach air e fhéin a shaoradh ged a bha iadsan a' cumail a mach gu'n d'èirich e o na mairbh. O bhí 'n a fhar-ainm thàinig e gu bhí 'n a ainm a bha cunnartach dhaibh a bhi a' ghulan; bha an t-ainm "Crìosduidh" air a chur le impireachd na Ròimhe anns an aon sreath ris an ainm "mortair" neo "gaduiche," agus bha peannas a' leantuinn riu-san a bha 'ga ghìulan (1 Pead. iv. 14-15). Ach ghabh iad an fhar-ainm cunnartach ud mar onair; dh'ùisnich iad e gu bhí a' nochdadh gu'n robh fhios aca có ann a chreid iad agus gu'm bu dearbh leò gu'm bheil esan comasach air an nì sin a dh'earb iad ris a choinhead fa chomhair an latha mhóir.

Sgoilearan is Seirbhisich

Mar sin, is e a bha ann an eaglais an Tiomnaidh Nuaidh buidheann a mhothaich gu 'n robh iad air an gairm agus air an taghadh gu slighe na seirbhis, gach aon 'n a bhall de chorp Chrìosd, a' deanamh na h-oibre as miann le Crìosd a bhi a' deanamh, 'n an sgoilearan aige-san, a' fàs ann an gràs agus ann an eòlas air, agus ann an gràdh bràthaireil d'a chéile. B'e so dream nach robh a' gabhail nàire de dheagh sgeul mhór-aoibhneis Chrìosd, ach a bha 'ga aideachadh gu follaiseach an làthair saoghail a bha fanaideach agus nàimhdeil; agus nach robh a' nàrachadh Chrìosd le caithe-beatha neo-chubhaidh, ach a bha dùrachdach 'nan spiorad, a' deanamh seirbhis do'n Tighearna, a' deanamh dìchill air aonachd an Spioraid a choinhead ann an ceangal na sìthe.

Is maith ma tha sin uile fìor mu eaglaisean an latha an diugh.

Am Facal Seachd

ANNS a' Bhiobull chan urrainnear an facal so a ghabhail daonnan gu litireil. Chan 'eil e gu bitheanta a' ciallachadh àireamh shònruichte, ach tha e air a chleachdadh ann an dòigh shamhlachail. Bha na h-Iudhaich is cinnich eile am beachd gu robh ceangal air chor eigin eadar seachd agus iomlanachd, agus bha iad a' sealltuinn air seachd mar àireamh naomh. Faodaidh e bhith gur h-ann o na speurdairean a thàinig an smuain so an toiseach, ach fhuaire an smuain greim laidir air inntinn nan Iudhach do bhrìgh gur h-ann o'n àireamh *seachd* a bha na féilltean air an cumtadh. Bha an t-Sàbaid a' tuiteam air an t-*seachdamh* là; bha na trì féilltean móra a' marsainn *seachd* làithean; bha *seachd* seachd-*duinnean* eatorra; bha *seachd* uain ri 'n ìobradh; (*Aireamh xxviii.* 2), bha an fhuil ri crathadh *seachd* uairean; (*Lev. iv.* 6), is bha ceangal eadar *seachd* agus ìomadh rud eile ann an aoradh is beatha an t-sluaigh. Is e sin an reusan gu bheil

am facal seachd a' tachairt oirnn cho tric anns a' Bhiobull. Ann an leabhar an Taisbeanaidh tha sinn a' leughadh mu *sheachd* coimleirean; *seachd* lochrain; *seachd* eaglaisean; *seachd* spioradan; *seachd* seulaichean; *seachd* aingil; *seachd* soithichean. Chrom Iacob e fein ris an talamh *seachd* uairean nuair a choinnich Esau e; dh' iarradh air Naaman e fein a nigheadh *seachd* uairean; rinneadh an àmhuinn anns an do chuireadh Shadrach 's a chompanaich *seachd* uairean na bu teotha na b' àbhaist. Is iad na h-àireamhan as bitheanta a thachras oirnn anns a' Bhiobull, 3, is 7, is 40, agus mar is trice chan urrainnear an gabhail gu litireil.

Chuala a h-uile duine ionradh air na *seachd* Ceatharnaich; na *seachd* daoine glìce; na *seachd* eòlais; na *seachd* Sathurnan; na *seachd* cadlaichean, na *seachd* peacaidhean marbhtach, is *seachd* ionghnaidhean an t-saoghail.

Cuairt na Gealaich

- A' cheud cheathramh, 23mh là An ceathramh mu dheireadh, 8mh là
 An solus làn, 30mh là An solus ùr, 16mh là
- "Oir b'i àithne an rìgh mu'n timchioll gu'm biodh cuibhrionn àraidh air an son,
 a dhlìghe fèin air gach là."—NEHEMIAH, xi. 23.
1. Di-ardaoin Chan 'eil tlachd aig Dia ann an amadain.—Eccles v. 4.
2. Di-haoine Ann an casan fir cha ghabh Dia tlachd.—Salm cxlvii. 10.
3. Di-Sathuirn Coimhid do chas an uair a théid thu do thigh Dhe.—Eccles v. 1.
4. Di-Dòmhaich *Mar is beò mi, deir an Tighearna, chan 'eil tlachd agam ann am bàs an aingidh : pillibh, pillibh o bhur droch shlighibh, car son a bhàsaicheas sibh?*—Eseciel xxxiii. 11.
5. Di-Luain Thoir an aire air eagal gu'n di-chuimhnich thu an Tighearna.—Dent. vi. 12
6. Di-Màirt An uair a chuimhnicheas mi ort air mo leabaidh, a bheachd-smuainicheas mi ort ann am fairibh na h-oidheche.—Salm lxiii. 6.
7. Di-ciadaoin Thàinig Iosa d'an ionnsuidh mu thimchioll na ceathramh faire de'n oidheche.—Marc vi. 48.
8. Di-ardaoin Bha aoibhneas air na deisciobuil an uair a chunnac iad an Tighearna.—Eoin xx. 20.
9. Di-haoine Air dhòmhsa bhì aig abhainn Chebair chunnaic mi taisbeanan Dhe.—Eseciel i. 1.
10. Di-Sathuirn Ullnichibh bhur cridhe a chum an Tighearna.—1 Sam. vii. 3.
11. Di-Dòmhaich *Ithibh nithean reamhra, agus òlaibh nithean mìlis, . . . oir tha an là so naomh d'ar Tighearna.*—Nehemiah viii. 10.
12. Di-Luain Is an-aobhin dhà-san a tha toirt air a choimhearsnach òl, agus a tha 'ga chur air mhìsg.—Habacuc ii. 15.
13. Di-Màirt Agus dh'òl Noah de'n fhìon, agus bha e air mhìsg.—Gen. x. 21.
14. Di-ciadaoin Is cealgach an nì fion; is buaireasach an nì deoch làidir. — Gnàth-Fhocail xx. 1.
15. Di-ardaoin Olaibh gach fear uisge a thobair fèin.—2 Rìgh. xviii. 31.
16. Di-haoine Tobar uisgeachan beò, agus a' sruthadh o Lebanon.—Dàn Sholaimh iv. 15.
17. Di-Sathuirn Thréig iad mise, tobar nan uisgeachan beò, agus chladhaich iad dhaibh fèin sluichd cu-dionach nach cùm uisge.—Jeremiah ii. 13.
18. Di-Dòmhaich Thàinig Iosa agus sheas e 's a' mheadhon, agus thubhairt e riu, Sìth dhuibh.—Eoin xx. 19.
19. Di-Luain Cha robh Tomas maille riu an uair a thàinig Iosa.—Eoin xx. 24.
20. Di-Màirt C'àite a bheil deasboir an t-saoghailso?—1 Cor. i. 20.
21. Di-ciadaoin A bheil facal sam bith o'n Tighearna? Agus thubhairt Jeremiah, Tha.—Jeremiah xxxvii. 17.
22. Di-ardaoin Labhair teachdaire an Tighearna, ann an teachdair-eachd an Tighearna, ris an t-sluagh.—Hagai i. 13.
23. Di-haoine Tha an t-ionmhas so againn ann an soithichibh creadha.—2 Cor. iv. 7.
24. Di-Sathuirn Mise a tha bochd agus brònach.—Salm lxix. 29.
25. Di-Dòmhaich *Chuireadh mi a labhairt riut, agus a dh'innseadh na nàigheachd mhàith so dhuit.*—Lucas i. 19.
26. Di-Luain Gu'n d'fhuair Crìosd] bàs air son ar peacaidhean a rìir nan sgriobturan.—1 Cor. xv. 3.
27. Di-Màirt Bitheadh misneach agad; éirich, tha e 'g ad ghairm.—Marc x. 49.
28. Di-ciadaoin Chan 'eil obair no innleach¹ anns an uaigh.—Ec. ix. 10.
29. Di-ardaoin *Dean dichìoll uime sin 'n a thràth, Crìoch a chur air saothair do làmh :*
30. Di-haoine *Oir saothair, seòl, no obair ghlic, Cha deantar leat gu bràth fo'n lic.*—Laoidh.



Atharrachadh mór

LEIS AN URRAMACH PADRUG MAC GRIOGAIR, M.A., DROCHAID CHARRA

“*Fueh tha e ri ùrnuigh.*”—GNÌOMH. IX. 11.

NUAIR thàinig gairm an Tighearna gu Ananias gu dol a dh' ionnsuidh Shaul cha b' ann gu toileach a fhreagair e, agus cha b' iongantach sin, oir bha fios aige gu'n robh e tighinn do Dhamascus a chlaoidh 's a mhilleadh na h-eaglais. Ach tha an Tighearna a' toirt comharra dha gu bheil mùghadh mór air tighinn air Saul. 'Se an comharra sin, gu bheil e ag ùrnuigh.

An e nach robh e 'n a chleachdadh aige bli ri ùrnuigh? Tha fios againn gu'n robh Saul am Phairiseach ro dhleasdànach ann a bhi coimh-ionadh riaghailtean agus deas-ghnàthan nan Iudhach. Bha e air a mheas neo-choireach a thaobh fireantachd an lagha. Nis bha e mar fhaichibh air duine air bith a bha sireadh ainm duine cràbhach fireanach a bhi aige gu'n deanadh e, mar rinn Daniel ann am Babilon, ùrnuigh trì uairean 's an latha. Bhitheadh e dearmadaich ann an ùmhlachd do àitheantean an lagha mur deanadh e so. Agus faodaidh sinn a bhi cinnteach nach d' thainig esan gearr anns a' chuid so.

Ach faodar amanna a ghleidheadh agus cleachdanna a leantuinn gun bhi deanamh aoradh agus seirbheis ann an spiorad agus ann am firinn. Gun teagamh tha e ceart agus iomhaidh gu'n gleidheadh amanna aoraidh; gu'n cromamaid ar gluinean agus gu'n labhramaid briathran freagarrach, ach cha leòr sin. Is iomadh neach a thig a steach do thigh Dhe agus a ghabhas pàirt 'n a aoradh, a dh' aontaicheas ris na théid a ràdh, eadhon a mholas sin, ach cha d' fhuair sin greim air a chridhe no air anam. Is ni sin is còir dhuinn a dheanamh ach an déidh sin faodaidh e bhi an coslas a mhàin, o na bilean a mhàin, agus nach 'eil ann dòrtadh mach a chridhe no fìor-anail an spioraid. Theagamh gu bheil e mar an deise Shàbaid a tha gu cùramach air a cur gu taobh fad na seachduinn agus 'nuair thig duine a' chaidh o'n eaglais. Chan e am fìor-dhuine a tha ri fhaighinn 'nuair a tha e gnàthachadh briathran ùrnuigh.

Bha Saul a' sireadh coguis mhaith a bhi aige, ach is iomadh duine a chiùnicheas a choguis ma 's urrainn da deagh aghaidh a chumail ris an t-saoghal agus ma 's urrainn da beagan de ghnìomharra maith a chruinneachadh ri chéile. Is ann mar sin a dh' fheuch Saul ri

choguis a shàsachadh, agus 'nuair bha e a' cluinntinn daoine 'ga mholadh, chuir e sin mar ùngadh ri anam. Ach eudmhor 's mar bha e an dòighean eile b' fhuar is bu tioram an ùrnuigh a thogadh e. Gun teagamh thàinig atharrachadh mór air an duine so a thaobh ùrnuigh o'n uair a thaisbean Criosd e féin dha air an t-slighe gu Damascus. Bha e o'n latha sin ro-chomharraichte mar dhuine-ùrnuigh, agus dombain 's mar bha e an eòlas spioradail, ro-dhìchiollach is ro-chlìuichte 's mar bha e 'n a shoisgeulaiche a' craobh-sgaoileadh na Firinn, theirim gur ann 'n a ùrnuighean a gheibh sinn sealladh air cumhachd an spioraid ann: gur ann air sgiathaibh ùrnuigh is àirde a dh' éireas e. Chan 'eil agaibh ach cumhneachadh air na h-ùrnuighean a gheibhear 'n a litrichean gu dearbhadh fhaotainn air so. Gu dearbh chan 'eil e furasd a thuigsinn ciamar a b' urrainn duine a bha de'n spiorad is de'n chaithe-beatha a bha aig Saul, mu'n d' fhuair e eòlas air Criosd, bhi tréibh-dhìreach an ùrnuigh. Neach air bith a bha air a shéideadh suas le féin-spéis is féin-fhireantachd ciamar a mhothaicheadh esan mór-fheum air cabhair an Tighearna? 'S ann bu dòcha dha bhi sealltainn ri Dia mar gu'm biodh e fo fhaichibh dha airson a dheanadais an àite bhi an eisimeil Dhé airson tròcair is teasairginn. Am Phairiseach a chaidh suas do'n teampull a dh' ùrnuigh thug e buidheachas do Dhia 'na bhriathran, ach is ann da fhéin a bha e ag iobairt an iobairt-mholaidh. Cha robh àite aig duine a leithid sin airson irioslachd is aithreachas, no airson cabhair o'n àirde no eadhon airson buidheachas do Dhia. Dé am feum a tha aig duine air gràs Dhé ma tha e toilichte leis fhéin, ma tha e fo bharail gu bheil e comasach air a cheuman agus a thoil a ghleidheadh.

No ma tha duine a' gluasad a réir caithe-beatha Shaul, a' bagradh agus a' milleadh, làn fuathais, àrdain, is naimhdeis, gun chomh-fhulangas, gun iochd, gun truas, ciamar a chuireas esan feum air ùrnuigh? Air uairean cluinidh sinn iomradh air daoine a bha ro eudmhor agus a bha deanamh gear-leannhuinn air dream eile nach robh de'n aon aidmheil riu fhéin, ach is tearc a chuala sinn mu'n irioslachd 's mu'n ùrnuighean. Bu neo-choltach iad ri Pol, abstol Iosa Criosd, a' buanachadh ann an

ùrnuigh gun sgar leis gach uile irioslachd agus asluchadh 'san Spiorad, a' guidhe gu'm biodh iad air an freumhachadh agus air an stéidh-eachadh ann an gràdh Chrìosd agus air an lìonadh le uile lànachd Dhè.

Ciod a rinn an duine so cho dùrachdach 's cho buan-mhaireannach an ùrnuigh? Ciod a ni duine air bith mar sin? Nach e gu'n do bhris solus ro-dheàlach air! Ged bha e dall airson làithean bha sùilean a choguis agus a thuigse spioradail air an fosgladh. Bha anam air a rùsgadh, is dh' aithnich e a staid fhéin; cha robh e air a mhealladh na b' fhaide. Chunnaic e fhìreantachd mar luideagan salach. Bha gràin dha fhéin air a dhùsgadh ann 'nuair a sheall e air fhéin agus a chunnaic e, chan e aobhar-uail agus féin-spéis airson a mhaitheis agus eud, ach aobhar-nàire agus uamhann ann a bhì cogadh an aghaidh gràs an Tighearna.

Is iomadh neach a tha glìc 'na shùilean fhéin agus tha faicinn a shlighe glan nach 'eil ceart 'na smuaintean no 'n a chaithe-beatha ann an sealladh Dhé a tha toirt breth. Chan 'eil iad a' faicinn aobhar air ceann no glùn a lùbadh, oir fhads' a tha iad toilicht leò fhéin, a' gabhail tlachd an nithe beaga agus a' lìonadh an cridhe leò sin, chan 'eil iad air am brosnuchadh gu ùrnuigh. Mur 'eil peacadh ri aideachadh, truagh-staid ri shlànuchadh, ole ri thilgeil a mach, cruadhas-cridhe ri thaiseachadh agus coguis ri bheòthachadh, faodaidh tu marcach gu mòrchuiseach. Ach cò a sheasas an làthair taisbein na firinn a tha boillsgeadh oirmn an Crìosd gun bhì mothachadh air feum air tròcair Dhé chum slàinte, gun bhì mar neach air a leigeil gu làr le aithne air a mhi-naomhachd, a chruadhas-cridhe, a cheuman-seachranach, agus a theachd-gearr air gràs Dhè. Is ann 'nuair a dhealras eòlas fìor oirmn fhéin a dh' éireas ar n-athchuinge suas a' guidhe maitheanas, cabhair, cridhe-glan is spiorad ceart, agus a bhithias sinn sìor a' cur feum air iomlanachd gràs an Tighearna.

Ach chan e mhàin ar peacaidhean agus ar bochdainn a ghairmeas anam an duine gu

ùrnuigh ach os ceann sin, an sealladh a gheibh sinn air Dia, air na rinn e, agus na tha e toileach a bhuileachadh oirmn. Tha an fhreagairt mu dheireadh an leabhar nan ceist ag ràdh gu bheil ar misneach gu ùrnuigh air a tharruing o Dhia a mhàin. Abair gu bheil aon a' saothreachadh gu goirt air duais ro bheag, agus iomadh uair a' fulang uireasbhuidh is acras, agus gu'n tig fear 'ga ionnsuidh 's gu'n abair e ris, Thig còmhla rium-sa agus cuiridh mi cothroman móra 'nad làimh, sàsuichidh mi gu pailt thu, bithidh tu mur mhac dhomh fhéin agus gheibh thu pàirt an oighreachd mo chloinne. Feuchaidh mi dhuit saoihbheas gràidh agus urraim agus gheibh thu sin ma leanas tu mise agus ma chuireas tu do chridhe ris na sochairan is na dleasdanasan a dh' fhoillsicheas mi dhuit.

Sin an taisbean a fhuair Saul 'nuair bhris an solus air anam agus a chunnaic e maitheas Dhé ann a bhì a' cur a' mhic a dh' ionnsuidh an t-saoghail a thèarnadh dhaoine o thruaighe 's 'gan toirt a steach gu bhì beannaichte 'na ghràdh gu sìorruidh. Cha robh e air fhàgail d'a oidhirpean bacach fhéin. Bha pailteas tròcair Dhé ann an dòigh ro mhìorbhuileach a' feitheamh air a shon. Agus tha guth Chrìosd 'gar gairm chum gu'n sealbhaich sinn toradh is tiodhlac a ghràidh, irioslachd, agus fhulangais. "Thig 'gam ionnsuidh agus lìonaidh mise d' anam, togaidh mi thu o thràilleachd gu saorsa, o'n duslach gu inbhe maille ri clann Dhé, gu saoihbheas rìoghachd Dhè, gu maise spioradail, beatha neo-bhàsmhor, oighreachd neo-thruaillidh." 'Se sealladh air mòrachd, maise, is maitheas Dhé a ni maise is mòrachd ùrnuigh. Ma bhithias smuaintean neo-airidh agad air Dia, bithidh d' ùrnuigh tearc is fuar. Ma bhithias tu beachdachadh air gràs is glòir an Tighearna air a leigeil ris an Soisgeul Chrìosd, ma chi thu mar chunnaic Pol dìomhaireachd rìnn gràs-mhor Dhé an tiodhlac a mhic éirigh d' anam air sgiathaibh làidir ùrnuigh is creidimh agus bithidh tu sealbhadh solus is sòlas is neart nach fàilnich.

Annas a' Choille Bheithe

(*Naidheachd do'n Chloinn*)

OCHIONN fhada nan cian bha caileag bhòidheach a' fuireach ann am bothan beag air oir a' mhonaidh, dlùth do Chille-sgumain. B'e Mairi ainm na caileig; dilleachdan gun mhàthair. Shìubhail a màthair an uair a bha Mairi cho òg 's gur gann gu robh cuimhne aice oirre. Bha i air a fàgail gun bhràthair, gun phiuthar, gun chompanach, gun duine a bhùineadh dhì ach a h-athair; droch dhuine a

bhiodh ag òl a h-uile sgillim a choisneadh e, còmhla ris a' mhuillear dhubb is gràisg eile na dùthcha.

Bha an t-àite anns an robh am bothan 'na àite bòidheach anns an t-samhradh, an uair a bhiodh blàths na gréine a' cur nan eun gu seinn, agus a bhiodh am fraoch air dhath an fhìona. Ach cha robh e idir cho bòidheach anns a' gheamhradh, an uair a sheideadh na gaoithean

le sgread eagallach, agus nach b' urrainn duit do shùil a chur a mach air dorus le cur is cathadh sneachd. Air oidhcheanna dorcha stoirmeil, an uair a bhiodh a' ghaoth a' feadaireachd anns an t-similear agus mu oisinn an tìghe, shaoileadh Mairi gu robh i a' chuinntinn guth tiamhaidh is gearan tursach mar ghlaodh duine an éiginn a' bhàis. An uair nach biodh ola aice a chuireadh i anns a' chruisgean agus a bhiodh an tìgh dubh dorcha shaoileadh i gu robh i a' faicinn anns an dorchadas daoine air an robh aghaidhean coimheach is cruth neònach. Ach cha robh uiread eagail oirre rompha 's a bhiodh oirre an uair a thigeadh a h-athair dhachaidh air an daoraich. Sin uamhas as uamhasaiche a thig gu dorus, athair teaghlaich air an daoraich. Glé bhitheanta cha tigeadh a h-athair dhachaidh idir ged bhiodh Mairi a' feitheamh ris gu beul an latha, agus an oidhche nach tigeadh e bhiodh cridhe Mairi air chrith le eagal gu'n do thuit a ann am poll-mòine is gu'n do bhàthadh e.

Bha Mairi tapaidh cho mhaith ri bhi bòidheach is dh' ionnsaich i sniomh is figheadh. Anns a' gheamhradh bhiodh i a' sniomh air a' chuibhail a dh' fhàg a màthair aice, agus a' figheadh stocainnean dhi fhéin 's d'a h-athair. Bha beagan chearc aice cuideachd agus leis na h-uibhean bha i a' cumail an tìghe, 'nuair nach tugadh a h-athair airgid dhi. B' annamh a bheireadh esan sgillinn dhi oir bha an t-òsd-thigh a' faotainn na choisneadh e.

Cha robh Mairi riamh ann an sgoil no ann an eaglais, oir cha do ghabh a h-athair suim an cothrom sin a thoirt dhi. Cha b' urrainn i leughadh, is cha b' aithne dhi ùrnuigh ach rann bheag a dh' ionnsaich a màthair dhi an uair a bha i 'na leanabh. Cha do dhìchuimhnich Mairi an rann sin riamh ged bha iomadh bliadhna bho shiubhail a màthair, agus cha deachaidh i riamh a laighe gun an rann so a ràdh.

*Gu'n dìonadh Dia nan gràs ar tìgh,
Gu'n dìonadh abstoil Dhe ar dorus,
Gu'n dìonadh ainglean Dhe mo leaba,
Dithis aig a ceann is dithis aig a casan.*

Cha robh fhios aice cò iad na h-abstoil, is cha mhò a bha fhios aice cò iad na h-ainglean, oir cha robh Biobull aice, agus ged bhitheadh, cha b' urrainn i a leughadh. Ach a h-uile oidhche, an àm dol a laighe, rachadh i air a glùinean is dh' abradh i an rann ud a dh' ionnsaich a màthair dhi.

*Gu'n dìonadh Dia nan gràs ar tìgh,
Gu'n dìonadh abstoil Dhe ar dorus,
Gu'n dìonadh ainglean Dhe mo leaba,
Dithis aig a ceann is dithis aig a casan.*

Bha Mairi 'na creutair sunndach, sona, dìchiollach, is bha iongnadh nach bu bheag

air daoine ciamar a dh' fhàs flùr cho bòidheach ann an gàrradh an drongair. Bha i cho neochiontach ris na h-uain a bhiodh a' leumartaich air an tolmán uaine a bha air chùl an tìghe, agus is e an t-aon rud a bha cur dragh oirre agus a chuireadh sgàil air a h-aodann is air a cridhe, a bhi faicinn a h-athair a' tighinn dhachaidh air an daoraich.

Sud mar bha fad bhliadhnachan, ach an sin thòisich monmhur am measg dhaoine gu robh rud-eigin nach robh cneasda a' dol air aghaidh ann am bothan a' mhonaidh. Bha e air a ràdh gu'm facas daoine 'gan crùbadh féin anns an dorchadas timchioll nam ballachan aig uair a dh' oidhche am bu chòir do dhaoine onorach is do dhaoine a bha measail orra féin a bhi 'n an leabaidh. Agus a thuilleadh air sin, gu robh solus ri fhaicinn ann gu beul an latha (troimh sgaraidhean anns an dorus agus anns an uinneig) ged bha an dorus air a chrannadh agus an uinneag air a bratadh. B' aithne do'n dùthaich uile nach robh ann an athair Mairi ach droch sgealb, agus b' e barail dhaoine gu robh e ann an co-bhèinn ri meirlich is smuglairean. Theireadh cuid gu robh an solus ri fhaicinn air oidhchean nach robh e aig an tìgh idir, oidhchean anns an robh Mairi leatha féin; is theireadh iad nach bu rud maith a bha dol air aghaidh ann an tìgh a' mhonaidh, ciod air bith a bha ann.

Là de na làithean bha coigreach a' gabhail a thuruis thar a' mhonaidh, seann duine liath air an robh coslas uasal is eireachdail. Anns an dol seachad, stad e aig a' bhòthan a dh' iarraidh dibhe, oir bha an là teth is bha an pathadh air. Thug Mairi deoch dha gu h-aobheil. Dh' fhan an seann duine greis aig an dorus a' seachas rithe, oir chunnaic e gu robh a' chaileag seachasach is modhail is sicir thar a' chumantais. M'an d'fhalbh e thug Mairi eachdraidh a beatha dha gu saor agus gu neochiontach; dh' innis i dha mu'n chuibhail, agus mu na cearcan, agus mu h-athair, agus mu gach nà a bhiodh i a' deanamh fad an là, ach aon nà cha d' innis i, gu robh a h-athair 'na dhrongair.

"Tha mi a' faicinn," arsa' an seann duine, "gur caileag mhaith thu; am bi thu ag ùrnuigh?"

"Chan aithne dhomh ùrnuigh cheart a dheanamh," fhreagair Mairi, "ach bithidh mi ag ràdh facail a dh' ionnsaich mo mhàthair dhomh, m' an téid mi a laighe. Agus dh' aithris i dha an rann so.

*Gu'n dìonadh Dia nan gràs ar tìgh,
Gu'n dìonadh abstoil Dhe ar dorus,
Gu'n dìonadh ainglean Dhe mo leaba,
Dithis aig a ceann is dithis aig a casan.*

"Cha b' urrainn thu ùrnuigh a b' fheàrr a ràdh," arsa' an duine le Dia (oir is e sin a bha

anns a' choigreach); "lean thusa air an ùrnuigh sin is gabhaidh Dia cùram dhìot."

An uair a ràinig an coigreach Cille-sgumain dh' fheadraich e do dhuine no dhà mu'n chailleig a bha fuireach anns a' bhòthan air oir a' mhonaidh. Dh' innis iad dha mu na nithean a bha air am monmhar an measg an t-sluaigh; mu'n t-solus a bha ri fhaicinn ann, agus mu na daoine a bhiodh a' sgiathalaich mu'n cuairt a' bhòthan an déidh mheadhon oidheche.

Cha do chreid an seann duine an tuailleas a thog muinntir a' chlachain air tigh a' mhonaidh, oir, arsa' esan, "tha neo-chiontas a chridhe ri fhaicinn ann an gnùis na caileig." Ach chuir e roimhe gu'n rannsachadh e an gnothuch.

Oidheche àraidh, gun ghuth a ràdh ri duine beò, thog an seann duine air, is rinn e air a' bhòthan. Bha an oidheche dorcha agus an rathad dona, ach thagh e a cheum le solus lòchrain a bha aige fo chleòca. Bha an oidheche ciùin, gun fhuaim a' briseadh sàmhchair a' mhonaidh ach guileag thiamhaidh na feadaig.

An uair a ràinig e a cheann-uidhe chuir e as an lòchran agus sheas e fo chraoibh, ag amharc air a' bhòthan. Cha robh e fada 'n a sheasamh an uair a chunnaic e solus aig bonn an doruis, agus dìreach mar a dh' innis muinntir a' chlachain dha, daoine 'n an seasamh fo anainn an tighe a' cagarstaich ri chéile. Chuir na chunnaic e doilgheas air cridhe an duine le Dia, oir cha bu mhaith leis a chreidsinn gu robh cuid aig Maire anns an òlc, ach an ath mhionaid las a chorruih is leum e a dh' ionnsuidh an tighe a thoirt achmhasain do na daoine. Ach ma leum, cha do theich iadsan, is cha mhò a ghabh iad eagal. An uair a chunnaic e so las e an lòchran a ris is chaidh e dlùth dhaibh. Ach an uair a chunnaic e an aodainn le solus an lòchrain thuit an duine le Dia aig an casan ann an riochd mairbh,

oir bu daoine iad nach buineadh do'n t-saoghal so, sgeadaichte ann an culaidhean fada, agus iad mòr agus maiseach.

Anns a' mhionaid thuig e cò iad, oir bha Peadar agus Eoin furasd an aithneachadh. Lùb e a ghlùn gus urram a thoirt do na h-abstoil naomha ach am feadh 's a bha e a' cromadh a chinn chaidh iad as an t-sealladh. Shìolaidh iad air falbh mar a shìolaidheas sealladh a chithear ann am bruidhear; is dh' fhaodadh an seann duine a shaoilsinn gur ann a' bruidhear a bha e, mur bitheadh gu robh am bothan mu choinneamh a shùil, agus gathan soluis fathast ri fhaicinn troimh na sgaraidhean a bha anns an doras agus air an uinneig.

"Is solus nan aingeal an solus so," arsa' esan ris féin, agus leis an fhacal sin tharruing e na bu dlùithe do'n uinneig is sheall e a steach. An uair a sheall e a steach so an sealladh a chunnaic e, Maire bhèag 'na suain chadail air leaba ìosal agus ceithir ainglean a' dìon na leapa, dithis aig a ceann is dithis aig a casan.

Dh' fhàg an duine le Dia an uinneag gu sàmhach air a chorra-bìod air eagal gu'n dùisgeadh e a' chailleig, ach an uair a chaidh e greis o'n bhòthan agus a sheall e air ais, feuch bha an dà fhear dheug 'n an seasamh an sud fathast, a' dìon an doruis. Air a shocair their-inn an seann duine an t-aonach gu Cille-sgumain, a' beachd-smuaineachadh air dòighean iongantach is dòighean caomhail an Tighearna, agus buidheachas 'na chridhe gur e Dia athair nan dilleachdan. Agus fad a bheatha uile bha an t-salm so 'n a chridhe agus 'n a bheul;

*Aon òlc chan éirich dhuit; no plàigh
Do d' fhàrdaich cha tig dlùth;
Oir àithe bheir d'a ainglibh, chum
A'd' ròd gu'n dìon iad thu.*

Annas a' Chathair

GED bha mise aig an Ard Sheanadh an Dùn-éideann cha ruig mi leas iomradh a dheanamh anns an àireamh so air na gnoth-uichean a bha air a bheulaibh, oir bithidh sin air a dheanamh anns na duilleagan Beurla. Ach bha aon chuspair sònruichte air beulaibh an t-Seanaidh anns an robh barrachd ùgh agam na bha agam ann an cùis air bith eile, agus air am bu mhaith leam labhairt air an duilleig so, inntinn na h-eaglais a thaobh cogaidh.

Sin ceist a tha cur dragh air coguisean mhòran dhaoine an diugh, ach nach 'eil idir cho simplidh no cho furasd a socrachadh 's a shaoileas cuid. Bha sin ri fhaicinn anns an t-Seanadh, oir bha daoine cho caomhail agus cho tìrail air an dara taobh 's a bha air an taobh eile, cuid ag ràdh nach 'eil e ceadaichte do'n eaglais, a

rèir teagasg Chrìosd, gnùis idir a thoirt do chogádh, agus cuid ag ràdh gu bheil e mar fhiachaibh air Crìosduidhean an t-òlc a smachdachadh le làimh làidir a cheart cho cinnteach 's a tha e mar fhiachiabh air daoine eile.

Cha bu mhaith leam-sa a ghabhail orm féin breith luath làidir a thoirt air a' chuspair so, mar gu'n deanadh Siorram, ach air a shon sin tha mi am measg na feadhach aig nach 'eil fois 'n an coguis a chionn nach 'eil an eaglais a' deanamh na dh' fhaodadh i a dheanamh gu socradh a dhìteadh agus a mhallachadh.

An t-Ollamh Paterson agus na h-aithrichean

An uair a thòisicheas deasbud chan 'eil e furasda do dhaoine aig nach 'eil ach aon tàlant bhochd seasamh an aghaidh an Ollaimh W. P.

Paterson; chan e mhàin gu bheil an t-Ollamh Paterson a' creidsinn gu 'm faod Crìosduidh an claidheamh a tharruing le coguis mhaith, ma tha e 'g a tharruing an aghaidh fòirneart is aingidheachd, ach tha e dearbhta gur e a dhleasdanas sin a dheanamh, agus gu robh na diadhairean móra Augustine agus Calvin de'n cheart bheachd. Bha Augustine agus Calvin de'n bheachd sin gun teagamh, ach bha Tertullian agus Origen air an taobh eile, air chor agus nach urrainnear a' cheist a shoeruchadh le bhithòiseachadh air cunntas cheamh, no cunntas choguis. Bha na ceud chreidmhiach agus na h-aithrichean anns a' cheart cheò a thaobh na cuise so anns a bheil sinn fhéin, ged tha e fìor gu robh barrachd de na Crìosduidhean 'n am *pacifists* aig aon am na tha ann dhiubh an diugh, ach uigh air n-uigh dh' fhàs iad coltach ri muinntir an t-saoghail, is air a' cheann mu dheireadh bha an Eaglais i fhéin a' dol a mach a chogadh a cheart cho tric ris an Staid. Theireadh i cogadh *Naomh* ris na cogaidhean sin, ach naomh no mi-naomh, bha fuil air a dòrtadh.

An cogadh mu dheireadh

An uair a bhrùchd an tuil air an t-saoghail ann an 1914 cò is urrainn a ràdh gu'n do labhair an eaglais ann an rioghachd air bith le ùghdarras ris an t-sluagh? Dh' fhalbh i leis an t-sruth; an àite easbuigean is diadhairean is ministearan a bhì 'n an cinn-iùil do'n t-sluagh cha robh amnta ach gillean-frithealaidh do Ùrracha móra an airm. Tha e duilich a ràdh cuide eile a b' urrainn iad a dheanamh, ach air a shon sin, saoilidh mi gu bheil rud-eigin fada fada ceàrr ann am fianuis na h-eaglais an uair a chluinnear Easbuig a' brosnachadh na dùthcha mar so, "Nach fhaod e bhith gur fheàird an rioghachd cupan a' chruadail so a bhì aice ri òl, agus gur e so an deoch air an robh feum againn anns a' ghineil so, oir tha ar daoine air fàs bog? Cha b' ann mar sin a bha na daoine o'n d' thàinig sinn; na daoine a phronn 'n an criomagan cabhlach na Spàinte agus a leag bunaitean na h-Iompaireachd, a' cuartachadh an t-saoghail le 'n longan daraich. Ach tha an seann spiorad cruadalach so beò am Breatunn fhathast; agus

theagamh gur e an cogadh so an cupan a thug Dia dhuinn ri òl gus ar fuil agus ar spiorad a ghlanadh agus a thoirt air ais gus an ìre neirt a bha 'n ar aithrichean?"

Nach saoil mi gu bheil mi a' leughadh duilleig ann am fear de leabhraichean Bhernhardi, no Treitschke, na Gearmailtich a bhitheamaid a' càineadh mar ana-criosduidhean, agus a' gairm nan nèamhan mar fhianuisean air brùidealas an teagaisg? B'e so an t-aon duan a bha aig diadhairean is aodhairean eile cuideachd; theireadh mòran dhiubh gu 'm bu mhaith an gnòthuch gu'n d' thàinig an cogadh ann an àm gus an rioghachd a shàbhaladh o'n bhuige a bha air tuiteam air an t-sluagh nach d' fhuiling cruadal riamh.

Freumh de'n fhirinn

Is e a tha deanamh na ceiste so cho duilich, agus a tha cur inntinnean dhaoine ann an ceò agus ann an iom-chomhairle, gu bheil freumh de'n fhirinn anns na beachdan so, ach air a shon sin chan e so guth Chrìosd, is tha briathran an easbuig ud cho fada air falbh o'n Tiomnadh Nuadh 's a tha an Ear o'n Iar, ma tha mise a' tuigsinn an Tiomnadh Nuaidh idir.

"Cìod a tha ann an cogadh," arsa Treitschke, "ach burgaid a tha Dia a' toirt do rioghachdan los fallaineachd a thoirt daibh?" "Cha dean an saoghail feum gun chogadh," arsa Bernhardi, "oir gun chogadh cha mhair am pòr ceart anns an t-saoghail, is cha tig adhartas air a' chinneadh-daonna."

Tha na mìltean anns an rioghachd so, agus eadhon ann an eaglais na h-Alba, a tha cur an aonta ris na beachdan sin, ged nach glaoidh iad air mullach nan tighean e. Ach cìod a their na h-ainglean agus cìod a their Dia an uair a chuireas Crìosduidhean am bràithreachas an suarachas agus a thòisicheas iad air a chéile a mhòrt, a' toirt ùmhlachd do Chèasar an àite ùmhlachd a thoirt do Chrìosd? An uair a tha lagh na rioghachd agus gaol dùthcha a' tarruing duine air aon cheum agus a tha lagh Chrìosd is gaol nam bràithrean 'g a tharruing air ceum eile cò aca is còir dha a leantuinn?

Gu'n dùisgeadh Dia coguisean dhaoine as an cadal!

Ughdarras a' Bhiobuill

BHA am Biobull air a sgrìobhadh ann an làith-bean anns nach robh uiread eòlais aig daoine air a' Chruthachadh agus air oibre a' Chruthachaidh 's a tha aca an diugh, làithean anns nach b' aithne eadhon do dhaoine fòghluimte na nithean as aithne do'n chloinn an diugh. Sin an t-aobhar gu bheil mòran nithean air an cur anns a' Bhiobull air dhòigh anns nach

biodh iad air an cur, na'n robh na daoine naomh a sgrìobh iad beò an diugh. Ach chan ann anns na nithean sin a tha fìrinn is ùghdarras a' Bhiobuill a' co-sheasamh. Tha fìrinn is ùghdarras a Bhiobuill a' co-sheasamh anns an eòlas a bha aig na naomh a sgrìobh e air Dia. Agus sin an t-aon bhonn air am faodar a ràdh gu bheil am Biobull neo-mhearachdach, gu bheil

foillseachadh fìor ann air Dia, agus gu bheil e a' toirt dhuinn eòlas slàinteil air Dia.

Chan urrainn eadhon fàidhean is naoimh labhairt an cainnt air bith ach an cainnt an là agus an gineil féin, air chor agus gu m' faighear anns a' Bhiobull an dà nì so, an fhìrinn a tha sìorruidh agus an trusgan a tha aimsireil. Ciamar a bhiodh a' chùis air atharrachadh oir bha làmh aig daoine anns a' Bhiobull a cheart cho mhaith ri spiorad Dhe?

* * * * *

Na daoine a tha ag iarraidh neo-mhearachdas ann an litir a' Bhiobuill, eadhon ann an nithean beaga nach buin do'n fhoillseachadh a rinn Dia air féin, tha iad ag iarraidh rud nach 'eil am Biobull féin a' tagar, agus ged gheibheadh iad sin, cha bhiodh e 'na chuideachadh air

bith do'n chreideamh Chriosduidh no do'n diadhaidheachd air a' cheann mu dheireadh. Tha ùghdarras a' Bhiobuill a' co-sheasamh anns an dà rud so; gu m' faighear gu cinnteach agus gu fìor ann cunntas air an fhoillseachadh a rinn Dia air féin do shluagh taghta agus do dhaoine taghta troimh na linntean, agus gu m' faighear ann mar an ceudna na smuaintean agus na faireachduinnean a dhùisg am foillseachadh sin ann an anamanna nan daoine a dh' fhiosraich e. Ach tha ùghdarras a' Bhiobuill a' co-sheasamh gu sònruichte an so, gu bheil e ag innseadh mu Chriod, an Dia-duine a dh' fhoillsich an t-Athair sìorruidh mar nach b' urrainn do fhàidh no do abstol fhoillseachadh. Tha am Biobull 'n a sholus do'n t-saoghal a chionn gu bheil Criosd anns a' Bhiobull mar Sholus agus mar Shlighe agus mar Bheatha.

Aig an Uinneig

Bàs Bhràithrean

AIR a' mhìos a chaidh seachad chaochail dà mhinistear Ghàidhealach a bhios móran anns an eaglais ag ionndrainn, an t-Urramach Iain Stiùbhard a leig dheth obair sgìreachd o chionn bhliadhnanachan, agus an t-Urramach R. L. Ritchie an Créigh, an sìoramachd Chataibh. Bha iad le chéile 'n an daoine còir; de fhìor stoc nan seana mhinistearan Gàidhealach nach fhaicear ach annamh an diugh; coimhionta ann an cainnt an dùthcha agus cho Gàidhealach ri clò as na Hearadh.

Thogadh Mghr Stiùbhard anns an t-seann eaglais Shaoir is choimhlion e a mhinistrealachd an iomadh àite; am Muile, an Canada, an Uidhist, an Tiriodh, anns an eilean Sgitheanach, an Eige. Ged nach robh e 'n a shearmonaiche maith no 'n a fhear-teagaisg soilleir bha e 'n a dhuine maith; cho ionraic 'n a chridhe 's a bha e eireachdail 'n a phearsa; an seòrsa duine mu'n dubhairt Calum Cille "gu'n do ghléidh e a mhaithreas nàdurra gun mhilleadh." Cha do mhill an saoghal no ro-chùram an t-saoghail Iain Stiùbhard; an deireadh a làithean bha e cho ionraic agus cho neo-chiontach agus cho nàdurra 's a bha e 'n a bhalach; duine gun chron, gun ghò, gun fhoill. Bha e anabarrach gaolach air a' mhuir agus 'n a mharaidhe maith. Chaidh e aon uair as an eilean Sgitheanach do Mhuile ann an geòla bhig leis fhéin ri droch shìd; rud nach deanadh gin de na ministearan móra anns an Ard Sheanadh ged is làn an cinn de sgìl agus de sgòil.

Rugadh Mghr Ritchie an eilean I, is theag-mh nach 'eil duine eile beò an diugh d' an aithne eachdraidh is beul-aithris nan aithrichean mu'n eilean naomh sin na b' fheàrr na b' aithne dhà-san. Bha e 'n a sheanchaidh maith agus

'n a shearmonaiche maith, ach na b' fheàrr na sin uile bha e 'n a dhuine ciallach agus 'n a dhuine còir. Bha meas mòr aig a bhràithrean air, oir a thuilleadh air a bhì glie ann an comhairle, bha e anabarrach coimhearsnachail, is cha bu leasg leis dol 'g an cuideachadh an uair a bhiodh sin feumail. Dh' fhàs e gu maith trom ann an deireadh a làithean, ach an uair a bha e òg agus aotrom bhiodh e air falbh o'n tigh glé thrice aig òrduighean comanachaidh air feadh na Gàidhealtachd. Bha e 'n a dhuine fiosrach, inntinneach, companta; cha mhór mhinistearan as an taobh Tuath a b' fheàrr leam a bhì còmhla rium anns a' charbud-iaruinn an uair a bhitheamaid a' dol suas gu coinneamhan an Dùn-éideann. Dheanadh Mghr Ritchie turus fada goirid, is turus air bith toil-inntinn-each.

Urram do mhinistear Gàidhealach

Agus thubhairt an rìgh ri Ramsay MacDhòmhnuill, a sheirbhiseach a tha os cionn a thighe agus a rioghachd, An d' thug thu fanear m' òglach, Niall Ros, nach 'eil neach ann cosmhuil ris ann an Albainn, duine a tha coimhionta ann an Gàidhlig, agus eudmhor a thaobh iarmad mo shluaigh-sa anns na glinn?

Agus fhreagair Ramsay MacDhòmhnuill agus thubhairt e ris an rìgh, Gu maireadh an rìgh gu bràth, Thug bhuir seirbhiseach fanear, Niall Ros; nach 'eil neach ann cosmhuil ris ann an Albainn, oir tha a ghniomharan agus a bhriathran mar Cheann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealach aithnichte o'n Pharbh gu Dùn-éideann.

Agus thubhairt an rìgh, Ciod an t'urram agus an inbhe a thugadh do Niall Ros air son so?

Agus fhreagair Ramsay MacDhòmhnuill,

agus thubhairt e, Gu maireadh an rìgh gu bràth, Cha b' rinneadh ni air bith air a shon.

An sin dh' àithn' an rìgh do Ramsay Mac-Dhòmhnuill, a sheirbhiseach a tha os cionn a thighe agus a rìoghachd, fios a chur gu Niall Ros, gu'm b' e toil an rìgh gu'n cuiradh e na litrichean C.B.E. as déidh ainme uile làithean a bheatha, mar chomharradh air deagh-ghean an rìgh.

Co dhiubh a bha no nach robh an seachas so eadar an rìgh agus a sheirbhiseach tha sinn toilichte gu'n d' fhuair an t-Ollamh Niall Ros an t-urram so, agus gu bheil obair a' Chomuinn Ghàidhealaich air a h-aideachadh ann am pearsa an fhir a tha air a ceann aig an uair. Gu ma fada a mhealas e an t-urram, agus gu ma fada a mhaireas an Comunn Gàidhealach!

* * * * *

Am measg nan daoine a fhuair urram aig an àm so bha ainm Gàidheil eile air ainmeachadh, Dòmhnall MacGilleathain a tha 'n a Cheann air té de àrd-sgoilean Dhùn-éideann, sgoilear Beurla as fheàrr a chuir a' Ghàidhealtachd a mach o chionn iomadh bliadhna. Is ann do Leòdhas a bhuineas Mghr MacGilleathain, is tha e 'n a fhoirbheach an eaglais na h-Alba. Bha M.B.E. air a thoirt dha air son a sheirbhis agus a ghliocais ann an cùisean-fòghluim agus ann an teagasg na h-òigridh. Chan e na daoine as àirde guth as motha cumhachd; ged tha Dòmhnall MacGilleathain ciùin is iriosal, agus ged nach glaoidh e agus nach cluinnear a ghuth anns na sràidean, tha e a' deanamh obair mhòr agus obair a bhios maireannach.

An eaglais Phàpanach agus airgid

Air uairean bidh e a' cur ionghnaidh orm c'àite a bheil an eaglais Phàpanach a' faotainn an airgid a tha aice. Cha chluinnear i uair air bith ag iarraidh airgid, no a' gearan nach 'eil daoine a' toirt do'n eaglais mar bu chòir daibh. Sin an aon duan a bhios aig na ministearan againne an uair a bhios iad cruinn aig Cléir no aig Seanadh, airgid, airgid, airgid; agus gearan, gearan, gearan, nach 'eil buill na h-eaglais a' deanamh an dleasdanas. Chan 'eil so maith do aobhar Chrìosd anns an dùthaich, no do bheatha na diadhaidheachd, oir tha mòran dhaoine air an gràineachadh air falbh o'n eaglais an uair a leughas iad anns a h-uile paipear-naidheachd a thogas iad òraidean mhinistearan a' gearan air an t-sluagh nach 'eil iad fialaidh gu leòr. Tha an rud nàrach, ach a fèir choslas, cha ghabh e seachnadh. Ach co dhiu a ghabhas no nach gabh, cha bhensach am fasan e, is chan 'eil e maith do aobhar Chrìosd, gu'm biodh ministearan a' mèilich air son airgid gun sgar mar gu 'm biodh uan a' mèilich air son bainne.

Chan fhaicear dad dheth so anns na paipearan mu'n eaglais Phàpanaich. Tha an eaglais Phàpanach na's glìce. Tha riaghladh-eaglais is riaghladh-airgid feumail, ach tha mòran de'n t-seachas agus de'n chomhairle a bhuineas do na nithean sin nach 'eil freagarrach air a bhì air a thoirt am follais. Cha toir an eaglais Phàpanach sin am follais uair air bith, ach bheir i am follais a teagasg agus a smachd agus a cumhachd, na nithean anns a bheil a beatha agus a buaidh a' co-sheasamh.

Air an t-seachduin so chaidh leugh mi anns na paipearan mu'n teampull mhòr a tha i a' cur suas ann an Liverpool. Cha robh facal amta mu airgid, ach a mhàin gu bheil an teampull a' cosd os cionn trì muilleanan, ach leudaich iad air glòir is greadhnachas na togalach; air inbhe is mòrachd an teachdaire a bha làthair o'n Phapa, air a chuartachadh le mìle sagairt, agus air dùrachd is ùrnuighean an athar naomh anns an Ròimh gu 'm biodh sith is beannachd Dhé ann an Sasunn, agus gu 'm biodh suilean dhaoine air am fosgladh agus gu 'm biodh iad air an treòrachadh a chum na slighe cheart. Anns na paipearan-naidheachd chan fhaic thu eaglais na Ròimhe uair air bith a' bruidhinn mar gu 'm biodh i ag iarraidh dad o dhaoine; tha i daonnan a' bruidhinn mar gu 'm biodh i a' toirt rud-eigin dhaibh.

An uair a thogas sinne eaglais no tigh-coinnimh anns a' Ghàidhealtachd feumar tòiseachadh air baigearachd o thigh gu tigh, agus o bhaile gu baile, gus am fàsar seachd sgith dhinn féin is de'n togail. Agus air a' cheann mu dheireadh cha bhì anns an togail ach aithlis bhochd air tigh naomh Dhe; lom agus gramda agus leibideach le cion an airgid. Agus air a' cheann mu dheireadh air fad, feumar basaar a dheanamh a chionn gu bheil an eaglais fo fhiachan. Ach chan ann mar sin a tha cùisean anns an eaglais Phàpanaich. Cuiridh i suas eaglaisean maiseach ann am bailtean bochd, gun chonnspoid, gun bhaigearachd, gun bhasaar, is cha chluinnear iomradh air airgid, no air co as a thàinig e. O chionn ghoirid chuir i suas eaglaisean ann an Cinn-a-Ghiuthsaich agus aig Drochaid Ruaidhe as am biodh eadhon coimhthionnaean móra glé uasal, ged nach nach 'eil a buill beartach no lionmhor anns na h-àitean sin. Agus cò riamh a chaidh a steach do eaglais Ghleann Fhionghuin, aig ceann Loch Seile (agus a doras daonnan fosgailte agus na coimlean air an altair) gun iongantais a bhì air ciamar is urrainnear tigh-aoraidh cho maiseach a chumail suas 'n a leithid a dh' àite, àite gun daoine, gun dealbh.

Bu ghlic do'n eaglais an soisgeul a ghlaodhach air na sràidean ach a cùisean-airgid a chumail an uaigneas anns an t-seillear.

Mìos deireannach an t-samhraidh

Cuairt na Gealaich

A' cheud cheathramh, 30mh là
An solus làn, 7mh là

An ceathramh mu dheireadh, 14mh là
An solus ùr, 22mh là

“Oir b'i àithne an rìgh mu'n timchioll gu'm biodh cuibhrionn ùraidh air an son,
a dh'lighe féin air gach là.”—NEHEMIAH, xi. 23.

- | | | | |
|-----------------|--|-----------------|---|
| 1. Di-Sathuirn | B' fheàrr a bhi gun bhreith na bhi gun teagasg. | 17. Di-Luain | Dean maith do dheagh-dhuine, 's bidh an deagh-dhuine d'a réir ; |
| 2. Di-Dòmhaich | Teagasg dhomh a Thighearna, do shlighe.—Salm lxxxvi. 11. | 18. Di-Màirt | Dean maith do neo-dhuine, 's bidh an neo-dhuine dha fhéin. |
| 3. Di-Luain | Is fheàrr an rathad fada glan na'n rathad goirid salach. | 19. Di-ciadaoin | Is duilich bùrn glan a thoirt á tobar salach. |
| 4. Di-Màirt | Is fheàrr an t-olc a chluinntinn na fhaicinn. | 20. Di-ardaoin | Tagh do bhean mar is maith leat do chlann. |
| 5. Di-ciadaoin | An rud nach cluinn cluas cha'ghluais cridhe. | 21. Di-haoine | Sud mar thaghadh Fionn a chù, sùil mar àirneig, cluas mar dhuilleig. |
| 6. Di-ardaoin | Na tilg dhìot an seann aodach gus am faigh thu an t-aodach ùr. | 22. Di-Sathuirn | Uchd mar ghearran, speir mar chorrán, 's an t-alt-lùthaidh fad o'n cheann. |
| 7. Di-haoine | Is maìrg a chuireas air chùl a dhaoine féin. | 23. Di-Dòmhaich | Moladh gach nì anns a bheil anail an Tighearna.—Salm cl. 6. |
| 8. Di-Sathuirn | Aithne an Leòdhasaich mhóir air an Leòdhasach eile, aithne gun chuimhne. | 24. Di-Luain | Is trom r' an giulan, uabhar is aineolas. |
| 9. Di-Dòmhaich | Is aithne do'n Tighearna an dream sin as leis.—2 Tim. ii. 19. | 25. Di-Màirt | Shaoil leis gu'm bu leis fhéin an cuan fo gheasaibh. |
| 10. Di-Luain | Urnuigh an diugh is breugan am màireach. | 26. Di-ciadaoin | Is beag an t-iongnadh amadan a bhi leannan-achd ri ònsich. |
| 11. Di-Màirt | Nach bu tu an cealgair, mar thubhairt an dall ris an sgàthan. | 27. Di-ardaoin | Measar an t-amadan glic ma chumas e a theanga. |
| 12. Di-ciadaoin | Is maith an sgàthan sùil caraide. | 28. Di-haoine | Na gearr do sgòrnan le d' theanga fhéin. |
| 13. Di-ardaoin | Na dìobair caraid 's a' charraid. | 29. Di-Sathuirn | Na cuir do spàin an càl nach buin dhuit. |
| 14. Di-haoine | Faodaidh duine maith a bhi 'n a aonar ach cha mhaith dha bhi 'n a aonar. | 30. Di-Dòmhaich | Ge b'e le'm b'àill beatha a ghràdhachadh, agus làithean maìthe fhaicinn, cumadh e a theanga o olc.—1 Pheadair, iii. 10. |
| 15. Di-Sathuirn | Is sona an duine aig a bheil càirdean. | 31. Di-Luain | Di-Dòmhaich a' chadail mhóir, ach Obh, Obh, Di-Luain ! |
| 16. Di-Dòmhaich | Is sibhse mo chàirdean-sa ma nì sibh gach nì a tha mi ag àithneadh dhuibh.—Iosa. | | |



Ar dleasdanas an làthair Dhé

(Bha an searmon so air a liubhairt an Eaglais Chrìst-a'-Chrùn, an Lunnainn, leis an Urramach A. C. MacGilleathain, an Cumdainn.)

“ Agus dh'èirich esan, agus dh'ith agus dh'òl e, agus dh'imich e ann an neart a' bhàrdh sin dà fhichead là, agus dà fhichead oidhche, gu ruig Horeb stiabh Dhé. Agus chaidh e steach do òrainn, agus ghabh e tàmh ìmte; agus, feuch, thàinig focal an Tighearna d'a ionnsuidh, agus thubhairt e ris 'Cìod e do ghnòthuch an so, Elish?' ” — I Rìgh. xix. 8-9.

CÌOD e do ghnòthuch an so an diugh, a charaid? Maise agus òirdhearcais an t-saoghail so, gabhadh iad nìle thairis. An uair a thèid an samhradh seachad thig àm an fhoghair anns an bi iad a' cur r'a chèile toradh na talmbhainn; agus 'na dhéidh sin thig dubhar agus dùdlachd a' gheamhraidh. Cìod a thachras rinn aig crìoch ar turuis air an talamh so a bhos?

Clann Israeil, chlàon iad air falbh o Dhia. Bha doilgheas air an tìr uile gu léir. An rìgh agus am pobull, thréig iad le chèile sliogean agus reachdan an Tighearna. Bha iad a' leantainn aoradh mearachdach. Bha dùdlachd spioradail thairis air an tìr uile gu léir.

Aig an àm ud bha Elish mar ghaisgeach treun a' seasamh gu fearail air son còir agus cor na fireantachd, air son ainm agus glòir an Tighearna, an aghaidh an rìgh agus an aghaidh an t-sluaigh a thréig lagh an Tighearna, agus a bha a' cur diomb agus nàire air an tìr uile gu léir.

Aig Sliabh Charneil, sheas Elish gu fearail air son ainm agus urram an Tighearna. As ùr, chuir Dia urram air ainm fhéin. Thilg iad a mach na fàidhean-bréige. Thàinig an dile; chrìochnaich àm na gort; agus ruith Elish mar roimh-ruithear air thoiseach air an rìgh Ahab agus an d'innis Ahab an Rìgh do Iesebel; agus as a sin theich e air son a bheatha gu ruige Beerseba; agus an sin luidd e sìos, a' deanamh ùrnuigh ris an Tighearna gu'm faigheadh e am bàs far an robh e.

Shaoil Elish gu'm b'e àm an fheasgair a bha ann anns an tìr. Shaoil e mar an ceudna gu'n d'thàinig crìoch air rùn agus air togradh an Tighearna, a thaobh na fireantachd; agus fo'n chraoibh-aite dh'iar e d'a anam gu'm faigheadh e bàs.

Aig an àm sin bha caoimhneas an Tighearna maille ri Elish. “ Feuch, an sin bhean aingeal ris, agus thubhairt e ris, “ Eirich, ith. ” “ Agus dh'ith e agus dh'òl e, agus luidd e a sìos a ris. ”

Faiceamaid caoimhneas Dhé d'a phobull fhéin. Agus á sin chuir aingeal Dhé e a mach air turus mór gu ruige Horeb, sliabh Dhé, air ais gu fìor thoiseach eachdraidh chloinn Israeil, fada air falbh o Bheerseba, agus fada air falbh

o Rìgh Ahab agus o Iesebel. Faicibh caoimhneas Dhé.

An Dara Puing

Do gach aon againn an so an diugh tha na faicail so, “ Cìod e do ghnòthuch an so? ” a' tighinn dhachaidh leis a' ghairm a tha g'ar gairm a mach ris an obair a tha air thoiseach oirnn.

Dhuinne a bhuineas do'n Ghàidhealtachd tha againn dileab uasal, cìreachdail. Anns na Garbh-chrìochan ud mu thuath, bha dream a bha uasal, glan, agus grinn; dream a' bha leantuin dlùth ri fìrinn dhearbta na Bith-bhuantachd.

Bho latha gu latha bha iad a' coimhionadh gach dleasan a bha a' luidhe dlùth riu n' an caithe-beatha. 'N an cleachdaidhean, bha iad caoimhneil, càirdeil. Bha am bàs dlùth dhoibh a ghnàth, agus bha iad ag ambarc a mach ri nithean na sìorruidheachd, ag cur an dòchais ann an maitheas an Fhreasdail, a' gairm air ainm an còmhuidh aig caithir ùrnuigh agus aig caithir gràis.

Fada mu'n do dhùisg Sasunn as a chadal mhór a thaobh òirdhearcais agus oilean na bàrdachd, bha muinntir na Gàidhealtachd a' cur cliù air dàimh agus air dachaidh, a' seinn òrain ghaoil dhoibhsan a bha beò, a' cur an céill mar an ceudna ann am marbh-rann, mar “ Chumha Mhic Criomain, ” nach faigh bàs a chaidh, gaol agus gràdh do'n chuideachd mhór ud a tha a nis maille ri Dia.

Agus chan ann ann an Sasunn a mhàin, ach air feadh na Roinn Eòrpa uile, chaidh a mach cliù agus iomradh air an dream ud air son fòghlum agus air son oilean. Bi sud an dileab urramach a thug ar dream 's ar dùthaich do'n t-saoghal uile gu léir, anns an àm a chaidh seachad.

Ann an eilean I, bha Calum-cille agus a chuideachd chòir. An sud, thog iad do'n Tighearna laoidh-mholaidh a' cliùtheachadh ainm Iehobhah. Anns na glinn, mudheas agus mu thuath air feadh na Gàidhealtachd, tha iomadh cill a tha air an latha 'n diugh neo-àitichte, far a bheil na naoimh ud 'n an cadal, a dhùisg ar

luchd-daimh agus ar luchd-dùthcha á suain agus á cadal a' pheacaidh ; agus mar an ceudna a chuir cos-cheumaibh ar sinnsear air slighe a' gliocais agus air seòl na fireantachd.

Troimh ghlinn a bha fada, troimh choiltean a bha dorcha, thar mointeach agus machair bha iad a' triall, thar gach càdl agus sruth bha iad a' seòladh, a' cur an céill soisgeul 'na beatha maireannaich ; a' cur cliù air ainm an t-Slanuigh-eir a bhàsaich air a' chrann-cheusaidh agus a dh' éirich a rithist o na mairbh.

Faodar a ràdh mu'n dream againne mar a bha e air a chantuinn mu chuideachd eile, " Cha robh sliochd no fine ann an eachdraidh ris an do thachair iad air nach robh iad a' toirt beachd air na nithean a b'fheàrr a bha aca 'nan teagasg agus 'nan caithe-beatha : agus, mar an ceudna, bha ar sinnsear a' toirt do na cinnich bhorb ud am fearalas agus an dùrachd-cri dhe sin a bha iad a' cleachdadh agus a' teagasg na'm measg fhéin."

Is i sud an oighreachd òrdhearc a thug ar dream agus ar luchd-dàimh do'n t-saoghal, an dileab bith-bhuan, uasal, rioghail, a dh'fhàg iad dhuinne mar ar seilbh, dileab nach dìobair sinn a chaoidh.

Dùrachd ar sinnsir

Ann an eachdraidh na Gàidhealtachd tha aimsir ann a bha soillseachadh mar shoillse na gréine air latha bòidheach samhraidh ; agus tha aimsir eile ann mar dhùldlach agus gaill-ionn a' gheamhraidh ann measg aineolas inntinn agus anama. Ach an uair a bha an saoghal uile troimh-chéile, bha ar sinnsear agus ar luchd-dùthchais a' leantuinn dlùth ri caithir ùrnuigh agus caithir gràis, a' cur an dòchais ann am maithes agus ann am freasdal Dhé.

An cleachdadh a bha iad fhéin a leantuinn an àm an òige bha iad a' teagasg do'n chloinn anns gach teaghlach, mu dheas agus mu thuath air feadh na Gàidhealtachd uile-gu-léir. Bha gach màthair a' teagasg a cloinne anns na nithean sin a bhuineas do'n bheatha mhair-eannaich, 'g an teagasg anns na nithean a' bhuineas do fhocal Dhé, 'g am fòghlum ann an cleachdadh ùrnuigh aig caithir gràis, 'g an treòrachadh ann an slighe na fireantachd agus ann an cos cheumaibh an t-Slanuigh-eir Iosa Crìosd. Nach tric a thachair e gu'n robh an fhàrdach glé lom, agus is tric a bha gainne 's an teaghlach, ach bha iad beartach anns a' bheartais sin a bha chum na beatha maireannaich ? Bha'n caithe-beatha air an cleachdadh a réir reachdan agus rùin Dhe, a' cur an dòchais ann an Iehobheh nach leig le d' chos sleamhnachadh ; am fear-coimhead air nach tuit clò-cadail no suain aig àm air bith.

Am measg gort is gainne bha iad a' leantuinn dlùth ris na nithean a mhaireas, na nithean sin a' bhuineas do'n t-siorruidheachd. Bha an

cluasan ag éisdeachd ris a' ghuth bhèinn chiùin sin nach buin do'n t-saoghal so. B'è am miann agus an dùrachd, tré réite Iosa Chrìosd, 'n uair a thig sgaradh eadar chorp agus anam, gu'n seasadh iad an làthair Dhé, air an deanamh iomchaidh trid bàs agus trid aiseirigh ar Slanuigh-eir a bhàsaich air a' chrann-cheusaidh, a dh-éirich a rithist o na mairbh, agus a tha a nis 'n a' shuidhe aig deas-làimh Rìgh na glòir.

A chàirdean, ciod i am meas a tha sinne a' cur air an òighreachd agus air an dileab sin, an òighreachd agus an dileab nach truail an leòmainn no a' mheirg?

Ann an àm a ta ri teachd

Ann am beinn an Tighearna ann an Horeb shaoil Eliah gu'm b'è am an fheasgair a bha ann, àm dol fodha na gréine. Bha Eliah fo'n bharail gu'n d' thàinig ceann-criche air obair an Tighearna. A chàirdean, cha b'è am an fheasgair a bha ann idir ach àm na maidne. Bha seirbhiseach dileas an Tighearna sgèth 'na chorp agus fo dhiobhail-misnich 'na chridhe. Aig an àm sin, d'a sheirbhiseach fhéin, sgèth agus sàruichte mar a bha e, thàinig Dia e féin dlùth, a' toirt sìth-anama do Eliah, 'g a bheannachadh le neart agus le dòchas as ùr. Cha b'ann anns a' ghaoith mhóir a bha reubadh nan creagan 'n am blòighdibh, no anns a' chrith-thalmhain, no anns an teine a bha Dia 'g a fhoillseachadh fhéin, ach anns a' ghuth chiùin chaòl, mar oiteag ghaoithe a' gabhail seachad, gach ni aig tosd, a bha Dia 'g a nochdadh fhéin do Eliah, anns na faicil, " Ciod e do ghnòthuch an so, Eliah ? "

Ann gach gleann agus eilean, mu dheas agus mu thuath, air feadh na Gàidhealtachd uile gu léir, far an robh seirbhisich an Tighearna a' gairm air ainm an Tighearna, tha an obair a bha iadsan a' deanamh 's àm sin 'g a deanamh air an latha 'n diugh. Anns gach sgoil anns a' Ghàidhealtachd thatar a' teagasg focal an Tighearna ; anns gach sgoil agus gach sgoil-Shàbaid tha a' chlànn air am brosnachadh agus air an cleachdadh ann an teagasg a' Bhiobuil Naomh ; suilean òga air an togail ris an t-Sion shuas, an cos-cheumaibh a' treòrachadh ann an slighe na firinn a tha stiùireadh gu àros Dhé.

Agus, mar aig sliabh Horeb, thuig Eliah gu'n robh obair mhór fathast r'a deanamh air son aobhar Dhe, air an latha 'n diugh, tha ar luchd-dùthchais a' cur an dòchais ann am maithes Dhé, a' creidsinn focail an t-Salmadair :

" Is e an Tighearna mo bhuachaile ; cha bhi mi ann an dith. Ann an cluainibh glas bheir e orm luidhe stòs ; làimh ri uisgeachaibh ciùin treòraichidh e mi. Aisgidh e m' anam ; treòraichidh e mi air slighibh na fireantachd air sgàth ainme fein."

Is iad a' chlànn dòchas ar dùthcha. An teagasg a tha iad a' faotaim an làithean an òige cha d'obair iad gu bràth. Is e sin an teagasg a mhaireas. Is e sin an obair a mhaireas bith-bhuan; agus mar tha chlànn a' fàs ann am spionnadh cuirp agus inntinn, tha iad a' fàs ann an eòlas air an t-Slanuighear, a' deanamh greim air an earail—"Togaidh mi mo shuilean chum nam beann o'n tìg mo chabhair."

"S e chi na big a nì na big;
'S e chluinneas iad a chanas iad."

Agus, a chàirdean, am feadh a tha an obair mhór ud a thaobh reachdan Dhé air a coimh-lionadh am measg na cloinne, bithidh ar luchd-dùthcha a' leantuinn dlùth ri "ceud-thoiseacha briathar Dhe" . . . "air an cleachdadh nì eadar-dhealachadh a chur eadar maith agus olc."

An Obair a tha air thoiseach oirne

A chàirdean, chan e ciaradh an fheasgair a tha ann, no àm dol fodha na gréine, ach àm

na maidne 'n uair a bhìtheas daoine foirfe treun a' dol a mach ri obair an latha. Tha obair mhór r'a dheanamh fathast, agus is cubhaidh dhuinn a bhì 'g ar brosnachadh fhéin ri obair an Tighearna, aig caithir gràis a bhì tarraing dluth ri Dia, ann an tìgh Dhé a bhì a' cur urram air ainm,—a' leigeil ris do'n t-saoghal gu'm bheil sinne, gun nàire, a' leantuinn dlùth ri Iehobhah,—"Ach air mo shonsa, agus air son mo thìgh, nì sinn seirbhis do'n Tighearna."

Tha an aimsir a tha air thoiseach oirne dorcha do ar sùilean, ach tha i fosgailte do'n eòlas sin a tha maille ri Dia. Tha Iehobhah a' coimh-lionadh gach nì a réir a thoile naomha féin. Tha esan g'ar gairm gu bhì 'n ar comh-oibrìche leis féin. Agus is leòir dhuinne a bhì gabhail ceum air cheum maille ri Dia aig gach àm, gus an coimhliion sinn an obair agus an dleasdanas sin gus a bheil esan 'g ar gairm.

Tha obair r'a dheanamh, agus ruinne tha Dia a' deanamh ath-chuinge gu'm bi sinn dìleas, foighidinneach, deanadach, a' sìormheudachadh ann an seirbhis a rìoghachd.

Annas a' Chathair

AN àm a' chogaidh mu dheireadh bhithinn a' cluinntinn cuid de dhaoine ag ràdh gu'm b' e mi-naomhachadh na Sàbaid aon de na h-aobh-aran a thug air Dia na rìoghachdan a smachdachdadh le cogadh. Chan 'eil mise a' creidsinn sin, ach a mhàin anns an t-seadh gu'm faodar mi-naomhachadh na Sàbaid a ghabhail mar chomharradh follaiseach air neo-dhiadhaidheachd nan rìoghachdan; an uair a thig neo-dhiadhaidheachd gu ìre shònruichte daonnan beiridh i am bàs agus truaighe.

Bha fichead aobhar aig a' chogadh a tha furasda gu leòr an tuigsinn an taobh a mach de bhriseadh na Sàbaid, is saoilidh mi cuideachd nach 'eil e idir a réir dòighean Dhe gu'm biodh Arabaich is Turcaich air am mort a chionn nach 'eil Breatunnaich no Frangaich a' coimhead là an Tighearna mar bu chòir daibh. Tha gach peacadh a' toirt a mach a thoraidh féin, ach ged nach 'eil mise a' creidsinn gur ann a pheanasachadh na rìoghachd so air son mi-naomhachadh na Sàbaid a chuir Dia an cogadh mór (cha b' e Dia ùghdar a' chogaidh ach daoine) tha mi a' creidsinn le m' uile chridhe gu bheil uile gun àireamh a' leantuinn mi-naomhachadh là an Tighearna, araon am beatha dhaoine agus an cùisean na rìoghachd.

Bu mhaith an gnothuch, ma ta, na'n deanadh buill na h-eaglais anns gach sgìreachd na's urrainn iad a dheanamh a chum na cleachd-aidhean a bha aig an eaglais Chriosduidh o thoiseach a thaobh là an Tighearna a chumail suas. Mur dean an luchd-aideachaidh sin cò eile air a bheil e mar fhìachaibh a dheanamh ?

Aoradh an Tighearna agus co-chomunn nam bràithrean, sin na nithean sònruichte a bha aig na ceud chreidmhuich anns an t-sealladh ann a bhì coimhead là an Tighearna, agus mur bheil Chriosduidhean an là an diugh a' naomhachadh an là anns an dòigh sin chan 'eil iad 'g a choimhead anns an dòigh cheart.

O chionn iomadh bliadhna tha an rìoghachd a' dol air a h-ais a thaobh coimhead là an Tighearna, ach anns na bliadhnan mu dheireadh so chaidh i leis a' bhruthach uile gu léir. Is gann gu'n aithnich thu an diugh le sealltuinn air an rathad co dhìu a tha ann Di-Sathuirn no Di-dòmhaich; air an là naomh tha ùpraid an t-saoghail a' dol air aghaidh mar air làithean eile, agus tha fada barrachd de mhuintir na h-eaglais a' ruith air na rathaidean móra na chithear dhiubh anns an eaglais. Chan e na h-ana-creidich a mhàin a tha a' mi-naomhachadh là an Tighearna an diugh ach muintir na h-eaglais Chriosduidh féin; foirbhich agus luchd-aideachaidh agus daoine a bha air am baisteadh an ainm Chriosd,—chithear iad air là an Tighearna a' seachnadh tìgh an Tighearna agus comunn a shluaigh gus an là a chur seachad a réiseadh ann an càraichean air feadh na dùthcha.

Is ann air son aoradh Dhe a chaidh là an Tighearna a chur air chois an toiseach, agus chan urrainn duine air bith a tha gabhail air a bhì 'n a Chriosduidh an là a chur seachad ann an dòigh iomchuid mur cuir e seachd pàirt dheth ann an aoradh. Chan abair mi aoradh follaiseach ann an tìgh an Tighearn, oir ged tha

e ceart agus iomchuidh do'n h-uile Criosduidh aig a bheil an comas dol do'n eaglais théid aig daoine air ùrnuigh a dheanamh leò féin cho mhaith 's a théid aca anns an eaglais, is tha seòrsa dhaoine ann a gheibh barrachd buannachd le bhì leughadh na Fìrinn agus ag ùrnuigh leò féin na gheibheadh iad anns an eaglais.

Chan 'eil so a' ciallachadh gu'm faodar dearmad a dheanamh air a bhì dol do'n eaglais. Chan 'eil idir ; is fhada bhuam e a leithid sin a ràdh. Chan e mhàin gu bheil dearmad air aoradh follaiseach na h-eaglais 'n a dhroch chleachdadh ann am fianuis dhaoine ach tha e 'na chomharradh cinnteach air marbhantachd spioradail. Ged dh' fhaodas iomadh cealgair a bhì dol do'n eaglais agus iomadh duine maith a bhì fantuinn aisde, gidheadh tha e fìor ann an dòigh fharsuing, gur e na daoine aig a bheil suim do Dhia agus d'a lagh a chithear anns an eaglais, agus gur e na daoine aig nach 'eil suim dhiubh idir nach *fhaicear* innte. Cha chòrd e ri cuid de dhaoine so a chluinntinn ach tha e fìor air a shon sin.

Bu mhaith leam a chreidsinn gu'm bi na daoine nach fhaicear anns an eaglais a' cur seachad an là naomh ann an dòigh air chor-eigin a bhios buannachdail d' an anam, ach is mòr m' eagal nach bi. Tha e fìor nach 'eil làithreachd Dhe air a cheangal ri àite seach àite ach tha gealladh sònruichte ann a dh' fhaodas sinn a thagar an uair a chruinnicheas sinn ann an tigh na h-ùrnuigh. Is e òrduighean na h-eaglais na meadhanon o'n leth a muigh leis a bheil Criosd a' comh-phàrtachadh ruinn sochairean an t-soisgeil, agus tha iadsan a ni dearmad air na meadhanon sin a' diùltadh, ann an tomhas, gràs Dhe.

Chan 'eil e iongantach nach tugadh Iudhaich agus Mohammedanaich, no daoine ain-diadh-

aidh géill do là an Tighearna, no gu'n cuireadh an seòrsa sin an là naomh seachad ann am faoineas no ann am baoth-shùgradh. Ach ciod a theirear ris na creidmhiach a tha 'ga mhinnaomhachadh? Ciod ach gu bheil iad 'n an culaidh-bhròin; gu bheil iad neo-dhùileas d' an aidmheil, agus a' cur toil is àithne Dhe an suarachas. Tha iad a' gabhail taobh an t-saoghail an aghaidh na h-eaglais agus a' cur a h-ainm agus a h-obair an suarachas.

Tha gu leòir de dhaoine a tha creidsinn gu bheil e maith do'n dùthaich aon là anns an t-seachduin a bhì air a naomhachadh, air a chumail sàmhach, saor o obair agus o ùpraid an t-saoghail, nach 'eil a' deanamh dad agus na rùintean sin a chuideachadh. Bu mhaith leò daoine eile 'ga dheanamh; bu mhaith leò *maith* an là naoimh fhaotainn uair air bith a thig e 'n an cinn dol do'n eaglais agus am measg common am bràithrean, ach gun dad a bhì aca féin r'a dheanamh gus òrduighean an t-soisgeil agus là an Tighearna a chumail beò.

Chan e mhàin gu bheil soirbheachadh na h-eaglais ach tha soirbheachadh an t-soisgeil agus rioghachd Chrìosd an crochadh ri là an Tighearna a bhì air a choimhead naomh is sàmhach, air chor agus gu'm bu chòir do bhuill na h-eaglais dol ann an co-bheinn a dh' fheuchainn nach bi di-chuimhne air a dheanamh air Criosd gu buileach anns an dùthaich so air a là féin. Bu mhaith an gnothuch na'm biodh common anns gach coimhthional anns an eaglais a dhion là an Tighearna o na fasain ùra, dìreach mar tha comuinn againn a thagar cùis nan cinneach, no cùis nan Iudhach, no a chruineachadh airgid air son na ministrealachd. Gun là an Tighearna air a chumail naomh is urramach, dealaichte o làithean eile, faodaidh an eaglais a dorsan a dhùnadh.

Ann's a' Choille Bheithe

(*Naidheachd do'n chloinn*)

THA mi dol a dh'innseadh naidheachd dhuibh mu dhuine naomh; duine a chunnaic sealladh iongantach is maiseach nach facas riamh air muir no tìr.

B'e Colman ainm an duine, agus bha a chridhe cho neo-chiontach ris an eun neo-lochdach o'n d' fhuair e e. Fìchead bliadhna agus an còrr cha robh 'n a chridhe ach aon smuain, is aon dùrachd, is aon ghuidhe; gu'm faiceadh a shùilean aodann agus cruth an t-Slànuigheir bheannaichte, mar bha e ann an coslas a dhaonnachd.

Air ghaol a bheatha a chur seachad ann an ùrnuigh, ann an aoradh an Tighearna, agus ann an oibre maith, chuir e cùl ri ùpraid agus aighear an t-saoghail, is chaidh e do thigh-

mhanach far an robh daoine diadhaidh eile a' gabhail cùram d' an anam agus a' deanamh oibre na tròcair.

Anns a' mhainisdir chaidh làithean Cholmain seachad mar shruth sèimh. Thug e bàrr air na manaich eile ann an diadhaidheachd, ann an dùrachdas athchuingean, agus ann an irioslachd. B'e a chridhe cridhe a bu chaomhaile an uair a thigeadh creuchdaich thruagha a dh' iarraidh leighis, agus a làmh làmh a b' fhialaidhe an uair a thigeadh bochdan agus acraich a dh' iarraidh déirce.

Là de na làithean agus Colman air a ghlùinean ag ùrnuigh 'n a sheòmar, agus aghaidh air an àird an Ear (an àird as a bheil dòchas aig na naoimh ri teachd an Tighearna) dh' fhàs an

seòmar dubh dorcha, ach an ath mhionaid dheàraich solus ann nach faca sùil duine riamh a leithid, mur faca an tritùir dheisciobul e air a' bheinn. 'Na sheasamh os cionn Cholmain, ann an riochd beò, bha an Tighearna Iosa, agus b'è so a choslas daonna; duine mòr is maiseach le aodann flathail is pearsa dhìreach, a shùilean gorm, is fhalt air dhath an òir. Cha b' ann mar bha e an dèidh a cheusaidh a dh'fhoillsich an Tighearna e féin do Cholman, oir cha robh làrach nan tàirgean 'n a làmhan, ach mar bha e ann an Galile m' an do bhris peacadh an t-seòmair a chridhe.

Leum cridhe Cholmain le moit an uair a chunnaic e Iosa. Ann an ro-aoibhneas a chridhe bhuail eagal e nach robh ann ach bruadar, a cheart leithid 's a chunnaic e 'n a chadal iomadh oidhche. Far a bheil ionmhas duine, an sin bithidh a chridhe; 'n a chadal agus 'na dhùsgadh b'è Galile ceann-uidhe smuaintean Cholmain agus b'è Iosa miann a chridhe. Cha luaithe a leagadh e a cheann air a' chluasaig na shùibhladh e air sgiathaibh na h-aisling gu tìr an àigh, agus dh' fhanadh e an sin gu latha, an companas nan abstol naomh, agus e féin agus iadsan ag éisdeachd ri cosmhalachdan na riochd agus o na bilean beannaichte anns an robh gràs agus firinn.

Ach cha bu bhruadar an sealladh ud. Las a chridhe le iongnadh, air chor agus gu'n do chaill e a chainnt car greis. Ach air dha amharc air an aodann chiùin ghlas e misneach "Cò mise," ars' esan, "gu'n tigeadh tusa mo Tighearna a steach do mo sheòmar bochd; chan airdh mi gu'm beanainn ri iomall do thrùsgain."

M' am b' urrainn e an còrr a ràdh thòisich clag na mainisdir air bualadh, is chuimhnich Colman gu'm be uair a' mheadhoin là a bha ann. Aig dà uair dheug, a Luan 's a Dhòmh-nach, a Shamhradh 's a Gheamhradh, fiuch no tioram, bhiodh diolacha-déirce na dùthecha a' cruinneachadh gu geata na mainisdir; eas-laintich ag iarraidh cungaidh-leighis, doill ag iarraidh sàbh-shùil, is acraich ag iarraidh arain. Bha a latha féin air a chur a mach do gach aon de na manaich gu bhi frithealadh dhaibh, agus b'è an diugh latha Cholmain. Riamh roimhe cha do stad an clag de bhualadh gun Colman a bhi aig a' gheata, a' feitheamh air na truagh-ain, oir cha bu cheum air ghàig leis an duine naomh dol gu obair na h-ìochd. Ach an diugh b' fheàrr leis fantuinn 'n a sheòmar ag amharc air aodann a Tighearna. Bha e duilich gu'n do bhuail an clag an uair a bha anam a' snàmh ann an sòlas nach d' fhiosraich e riamh a leithid. Cha robh fhios aige ciod a dheanadh e, co dhiùbh a dh' fhanadh no dh' fhalbhadh e. An leigeadh e leis na truaghain feitheamh? Bu dona sin, oir bha an leòhn 'g a ghairm. Am fàgadh e a shlànuighear, agus gun fhios am

faicheadh a shùil e tuilleadh? Bu dona sin, oir bha a ghràdh 'ga tharruing.

Anns an iom-chomhairle so thubhairt Colman gu beag ris féin, "Treòraich mi, a Dhe, ann am breitheanas," agus m' an gann a thubhairt thàinig am facal so 'n a inntinn, agus an ath mhionaid bha e sgriobhta air ballachan an t-seòmair.

*Dean do dhleas is cùm a' chòir
Earb ri Dia nan gràs an còrr.*

An sin dh' éirich e is chaidh e a mach. An uair a ràinig e an geata bu mhuiladach an sealladh a bha roimhe; fir is mnathan air bheil a' bhàis le caitheamh, no air an cromadh le lònidh; clann gun stiall de'n aodach orra; doill agus bacaich agus lobhair, agus iad uile 'n an aon tòrr, a' putadh agus a' gearradh roimh chéile, mar bha na creuchdaich aig lochan Bhetesda.

Bha am feasgar a' ciaradh m' an do nìgh Colman casan an fhir mu dheireadh, is fad na h-ùine a bha e a' ceangal an lotan cha d' thug e aon smuain do'n Aoigh bheannaichte a dh' fhàg e 'n a sheòmar. Ach an uair a bha obair an là crìochnaichte chuimhnich e air a' ghàir a chail e le dol a mach a fhrithealadh do na h-uireasbhuidhich an àite fantuinn maille r'a Tighearna anns an t-seòmar. Sgith 'n a bhodhig is trom 'n a inntinn dh' fhosgail e an dorus, an dùil gu'm bitheadh an seòmar fuar falamh mar bha e an raoir. Ach bha solus nan nèamh anns an t-seòmar fhathast, agus an Tighearna Iosa 'n a mheadhon.

Thuit Colman air a ghluinean, is rinn e aoradh d'a Shlànnighear, ag ràdh, "Is beannaichte mo shùil a dhearc air mise t' aodainn, bu shonas do m' chluais fuaim do ghutha a chluinntinn." An sin shìolaidh an solus air falbh, ach air do 'n Tighearna a bhi dol as an t-sealladh labhair e aon fhacal, agus b'è so am facal a chuala Colman—

Na 'n d' fhan thusa, dh' fhalbh mise.

* * * * *

Fad na h-oidhche mheòmbraich an duine naomh air an fhacal sin 'n a inntinn féin, gun a thuigsinn, gus an do bhuail clag na mainisdir, a' gairm nam manach gu aoradh-feasgair. Bhiodh iad a' leughadh an Sgriobtuir fear mu seach, agus an nochd, b'i oidhche Cholmain. M' an d' fhosgail e an leabhar rinn e ùrnuigh ghoirid, a' guidhe gu'n tugadh fosgladh bhriathar Dhe solus agus tuigse do dhaoine simplidh. Agus b'è so an earrann a leugh e:

An sin their an Rìgh riu-san air a làimh dheis, Thigibh, a dhaoine beannaichte m' Athar, sealbhaichibh mar oighreachd an riochd a tha air a h-ullachadh dhuibh o leagadh bunaiten an domhain. Oir bha mi acrach, agus thug sibh dhomh biadh; bha

mi tartmhor, agus thug sibh dhomh deoch ; bha mi am choigreach agus thug sibh aoigheachd dhomh ; lomnochd agus dh' éidich sibh mi ; bha mi easlan agus thàinig sibh 'gam amharc ; bha mi am prìosan, agus thàinig sibh am ionnsuidh.

An sin freagraidh na fireanan e, ag ràdh, A Thighearna c'uin a chunnaic sinne thu achrach, agus a thug sinn dhuit biadh ? no tartmhor agus a thug sinn dhuit deoch ? Agus c'uin a chunnaic sinn ad choigreach thu, agus a thug sinn aoigheachd dhuit ? no lomnochd agus a dh' éidich sinn thu ? Agus c'uin a chunnaic sinn easlan thu, no ann am prìosan, agus a thàinig sinn ad ionnsuidh ?

Aig an Uinneig

Co-chruinneachadh spioradail an Srath-pheofhair

BHO chionn dà bhliadhna tha an co-chruinneachadh so air a chumail air aghaidh an Srath-pheofhair, is tha sinn cinnteach gu'm bi móran dhaoine, gu sònruichte anns an taobh Tuath, toilichte a chluinntinn gu bheil na coinneamhan a' dol air aghaidh am bliadhna a ris, o'n dara là fichead gus an ochdamh là fichead de September. An uiridh bha an eaglais làn a h-uile latha le daoine a bha feitheamh air Dia ann an ùrnuigh, agus ag éisdeachd r'a theachdaireachd o bheul nam bràithrean urramach a bha labhairt aig na coinneamhan, is bha e air a ràdh ruinn gu'n d' fhuair móran de na bha làthair beannachd is buannachd anns na coinneamhan.

Bithidh coinneamhan do'n òigridh air an cumail a' cheud trì làithean, a' tòiseachadh air feasgar Di-haoine, an dara là fichead, agus na coinneamhan eile (do dhaoine de gach aois) air a' choigeamh là fichead gus an ochdamh là fichead.

Bithidh aoigheachd air fhaotainn do'n òigridh agus do dhaoine eile air feadh à bhaile, air chosdus beag, ma chuireas iadsan aig a bheil dùil a bhi aig a' chruinneachadh so an Srath-pheofhair fios gu ministear Bhaile-dhuthaich, an t-Urramach H. W. Oldham, ach tha e air iarraidh orra fios a chur thuige tràth.

Mar tha fhios aig luchd-leughaidh nan duilleagan so tha na coinneamhan fosgailte do'n h-uile seòrsa dhaoine aig a bheil ùgh ann an nithean spioradail, ciod air bith an eaglais d' am buin iad. Tha rioghachd Dhe na's farsuinge na eaglais air bith air thalamh ; an uair a thòisicheas daoine air ùrnuigh còmhla agus air bruidhinn ri chèile mu fhiosrachadh na dia-dhaidheachd 'nan anam féin tuitidh na ballachameadhon a bha 'g an dealachadh sìos, agus aithnichidh iad a chèile mar bhràithrean. Agus

Agus freagraidh an Ràgh agus their e riu, Gu deimhin tha mi ag ràdh ruibh, a mheud agus gu'n do rinn sibh e do aon de na bràithrean so agam-sa, eadhon dhaibh-san as lugha, rinn sibh dhòmhsa e.

An sin thug Colman ciod bu chiall do'n fhacal ud a labhair Criosd 'n a sheòmar,

Na 'n d' fhan thusa dh' fhalbh mise.

Agus bheannaich e ainm an Tighearna a chionn gu'n d' thug fosgladh a bhriathar solus dha.

*Air nèamh is talamh, feadh gach cian
Stor rioghaichidh coamh-sheirc ;
Tràth sguireas teanga 's fiosachd Fàidh
Buan-mhairidh gràdh gun cheist.*

far a bheil am bràithreachas air aideachadh, an sin bidh aonachd spioradail is toraidhean an Spioraid Naomh.

Tha e air a ràdh gu'm bi luchd-labhairt aig a' chruinneachadh so a bheannaich Dia an obair agus am fianuis cheana, ach cò air bith a chuireas no dh' uisgicheas is e Dia a mhàin a bheir fàs, agus mar sin tha e air iarraidh air sluagh an Tighearna a bhi ag ùrnuigh gu'm beannaich e na coinneamhan.

Naidheachd mhór an eilean beag

Chan 'eil rud air an t-saoghal as fheàrr leam a chluinntinn na gu bheil Gàidheil òga a' cur meas air sgoilearachd agus 'gan dearbhadh féin mar sgoilearan maith anns na h-Oil-thighean. Ach ged dh' fhaodainn iomadh a h-aon ainmeachadh air an duilleig so, a choisinn duais anns na ceithir Oil-thighean an Albainn am bliadhna, chan ainmich mi ach dithis a mhàin, Iain agus Somhairle Mac Ghilleathain á eilean beag Ratharsaidh, a choisinn M.A. an Oil-thigh Dhùn-éideann ; Iain anns an t-sreath as àirde an Laidionn agus an Gréigis, is Somhairle anns an t-sreath as àirde am Beurla agus an litreachas na Beurla. Tha mi ag ainmeachadh na dithis so a chionn nach ann a h-uile latha a chithear dà bhràthair air an crùnadh mar so còmhla, agus le chéile a' faotainn M.A. le First Class Honours. Cleas nan caorach tha móran dhaoine a' faotainn M.A. an diugh a chionn gur aithne dhaibh an gàradh a leum far an isle e, ach duine air bith a fhuair e anns na cànaican a thagh na gillean so, sin agad duine aig a bheil M.A. as fhiach M.A. a ràdh ris. Is maith an t-ullachadh e air son obair an t-saoghail so ceann duine a bhi làn de bhàrdachd Homer no de bhàrdachd Wordsworth, oir ged nach liòn Wordsworth brù agus ged nach goil Homer coire, chan 'eil sonas mhic an duine a co-sheasamh anns na nithean a thig a mach á

coire agus a théid a steach do'n bhrù. Ged nach aithne dhòmhsa na gillean, tha mi an dòchas gu bheil am pàrantan beò agus an sonas so fhaotainn o'n cloinn.

An do thomhais e a bhriathran ?

Tha meas mór agam air an diadhair Newman, meas air a dhiadhaidheachd, agus air a dhòighean, agus gu sònruichte air an ealadhain a bha aige air sgrìobhadh, ach saoilidh mi gu'n do leig e le pheann ruith air falbh leis an uair a sgrìobh e na briathran so, "Tha am peacadh 'na ni cho uamhasach agus gu'm b' fheàrr a' ghrian agus a' ghealach a thuiteam as na speuran, an talamh a dhòl fàs, agus na tha de dhaoine air uachdar a dhòl bàs le gort, na gu'n deanadh aon anam am peacadh as lugha; no gu'n innseadh e aon bhreug 'na a dheòin (ged nach deanadh a' bhreug coire do dhuine eile); no gu'n goideadh e aon fhàrdain bheag."

Smuainich air na briathran sin air do shocair, a leughadair, agus feòraich dhiot féin an cuireadh tu t' aonta riu. Ach co dhiubh a thomhais Newman a bhriathran no nach do thomhais, b' fheàrr dhuinn uile gu robh am peacadh a' cur geillt is uamhas oirnn mar bha e a' cur air-san, agus gu robh sealladh againn (eadhon ann an tomas beag) air gràineileachd a' pheacaidh an suilean an Tighearna, a tha naomh, naomh, naomh.

Tha eagal againn roimh nithean eile anns nach 'eil fàth eagal, ach chan 'eil eagal againn roimh 'n pheacadh mar bu dùth dhuinn, oir tha sinn air fàs cho cleachdta ris. A' cheud nair a chluinneas balach mionnachadh is mallachadh cuiridh iad crith is goirsinn air fhéoil; an ceann ùine beir oleas an t-saoghail air falbh maothalachd a choguis; agus air a' cheann mu dheireadh cha saoil e dad de mbiannan agus de chainnt dhrabasda. Is e an dìon as fheàrr o'n pheacadh, e bhi 'n a oillt agus 'n a cagal dhuinn an còmhuidh.

Ionar-nis nam bàrd

Ann an *Sàr-obair nam bàrd Gàidhealach* le Iain Mac Coinnich tha ceithir deug air fhichead de bhàird air an ainmeachadh, agus cuid d' an obair air a thoirt am follais, gun ghuth idir air an fheadhainn a rinn *aon* òran. Ma sheallas tu thairis air na h-ainmean sin, los na bàird a shloinneadh air an àite anns an do rugadh iad, chì thu nach buin ach aonan do Chataibh, dithis

do Pheairt, agus gu bheil an còrr dhiubh air an roinn eadar Ionar-nis, Earra-ghàidheal, agus siorramachd Rois. Tha Ionar-nis fada fada air thoiseach air càch oir is màthair i do fhichead bàrd a tha seasamh anns a' cheud sreath.

Ciod air bith as aobhar dha tha e coltach nach 'eil grunn Chataibh no Pheairt freagarrach do'n bhàrdachd; ged dh' fhàs an cruithneachd annta a gheibhear ann am bàrdachd Dhùghail Bochanan agus Rob Dhuinn chan fhaighear annta ach seagall mar is trice, agus seagall biorach cruaidh.

An t-urram do Ionar-nis, mata, am measg nan siorramachdan eile, oir is e na bàird prionnsachan a' phobuill, agus is ann daibh a bhuineas na ceud-chaitriche le còir nàdurra. An uair a dh' fhalbhas na bàird beannachd le glòir na Gàidhlig.

Mar sgeul a dh' innseadh

Tha iomadh rud ann a bhios a' cur 'n ar cuimhne mar tha na bliadhnaich a' dol seachad, ach bha so air a chur 'n am chuimhne gu sònruichte o chionn ghoirid an uair a leugh mi gu robh còig bliadhna fichead o chaidh an t-Urramach Dòmhnall Caimbeul do eaglais Chalum Chille an Grianraig. Nach saoil mi gur ann an dé a dh' fhàg e Peitidh, far an robh e 'nuair a b' aithne dhòmhsa e an toiseach!

Tha an coimhthional a' fàs fo chùram Dhòmhnall Chambeil; tha còrr agus dà cheud gu leth a bharrachd air rola a' chomanachaidh na bha air an uair a chaidh e do Ghrianaig, agus mar bhuidheachas air son a shaothrach agus a dhìchill ann an aobhar an t-soisgeil thug an coimhthional tabhartasan fiachail dha féin agus d'a mhnaoi o chionn ghoirid. Gu'm meal e na tiòdhlanan sin, agus gu ma fada a mhealas e a dhreuchd fathast, mar tha e a' mealtainn geamtha agus gràdh a bhràithrean!

Aig a' choinneamh anns an robh na tabhartasan air an toirt dha bha e air ainmeachadh nach robh beò ach còignear de'n luchd-dreuchd a bha anns a' choimhthional an uair a chaidh e do Ghrianaig. Tha sinn a' caitheamh ar bliadhnaich mar sgeul a dh' innseadh.

Am measg nam ministearan a bha anns an eaglais Ghàidhlig so roimh Mgr Caimbeul bha Mac Rath Mór agus Murchadh Mac Asgaill; ach an déidh na crith-thalmhuinn agus an teine tha guth ciùin caol a nis an eaglais Chalum Chille.

An Ionndrainn

O, c' àit a bheil na càirdean gràidh
D' an d' thug mi bàigh an làithean m' òig' ?
'S e fàth mo mhulaid is mo chràidh
A mheud 's a tha dhiubh 'n diugh fo'n fhòd.

O, slàn le comunn caomh mo ghaoil
A chuireadh faoil an chridhe bochd!
Mo chreach chan 'eil iad air an t-saogh' l
A dheanadh aobhach mise a nochd.

A' Cheud mhìos de'n Fhoghar

Cuairt na Gealaich

A' cheud cheathramh, 28mh là
An solus làn, 5mh là

An ceathramh mu dheireadh, 13mh là
An solus ùr, 21mh là

“Oir b'i àithne an rìgh mu'n timchioll gu'm biodh cuibhrionn àraidh air an son,
a dhùlìghe fèin air gach là.”—NEHEMIAH, xi. 23.

- | | | | |
|-----------------|--|-----------------|---|
| 1. Di-Màirt | Is maith an cearcall-màis deagh bhean-tighe. | 17. Di-ardaoin | Is olc an t-aogha as misd an tigh. |
| 2. Di-ciadaoin | Cha deanar banas-tighe air na fraighean falamh. | 18. Di-haoine | Tigh-òsda, ceàrdach, is muileann, na trì àitean anns am faighear naidh-eachd. |
| 3. Di-ardaoin | Cha d' fhuair droch ràmh-aiche ràmh maith riamh. | 19. Di-Sathuirn | Ma's breug bhuan e bu bhreug thugam e. |
| 4. Di-haoine | Chan 'eil féill aig na h-inean ach Di-haoine is Di-dòmhaich. | 20. Di-Dòmhaich | <i>Innis dhomh, guidheam ort, na nithe mòra uile a rinn e.</i> |
| 5. Di-Sathuirn | Cha robh maith no ole riamh gun mhnathan uime. | 21. Di-Luain | Far am bi dàil bidh dear-mad. |
| 6. Di-Dòmhaich | <i>Tha Dia air nèamh, agus thuša air thalamh; uime sin bitheadh do bhriathran tearc.</i> | 22. Di-Màirt | Thig dàil gu dorus. |
| 7. Di-Luain | Is e Di-Luain iuchair na seachduin. | 23. Di-ciadaoin | Ge fada air falbh Barraidh, ruigear e. |
| 8. Di-Màirt | Chan 'eil taobh a théid am meirleach.
Nach 'eil meirleach air a lorg. | 24. Di-ardaoin | Tha trì chasa deiridh air na h-eireagan an Cearara. |
| 9. Di-ciadaoin | Seachain an t-olc is seachnaidh an t-olc thu. | 25. Di-haoine | Gearra-ghobaich gun mhodh gun oilean Coille-earan Mhucàrna. |
| 10. Di-ardaoin | Càineadh mosaig air a màthair-chéile. | 26. Di-Sathuirn | Eireachdas mnathan Loch Odha.
Am bréid odhar a thionndadh. |
| 11. Di-haoine | Cha robh cùil an amharuis riamh glan. | 27. Di-dòmhaich | <i>Tha an Tighearna Diacumh-achdach; ni e do theàrnadh.</i> |
| 12. Di-Sathuirn | Bu mhaith an saoghal so na'm maireadh e. | 28. Di-Luain | Is tric a bha mo chridhe a' caoineadh ged is faoin a rinn mi gàire. |
| 13. Di-Dòmhaich | <i>Cuimhnich anis do Chruithear ann an làithean d' òige.</i> | 29. Di-Màirt | Chan 'eil cleith air an olc ach gun a dheanamh. |
| 14. Di-Luain | Cha robh saoidh gun choimeas. | 30. Di-ciadaoin | Feumaidh fear nam breug cuimhne mhaith a bhiaige. |
| 15. Di-Màirt | Gheibh Gàidheal fhéin a leth-bhreac. | 31. Di-ardaoin | Mar a thuiteas a' chraobh is ann a laigheas i. |
| 16. Di-ciadaoin | Cha dean bòilich iomram. | | |



Dia mar an t-uisge

"Thig e d'ar n-ionnsuidh mar an t-uisge, mar an t-uisge deireannach a dh' uisgicheas an talamh."—
HOSEA VI. 3.

ANNS a' Bhiobull tha teachd an Tighearna Agu anam an duine air a choimeas ri teine, teine a ghlanas agus a loisgeas, ach tha teachd an Tighearna air a choimeas cuideachd ri uisge, an t-uisge anns a bheil beatha gach ni a tha a' fàs.

Anns na làithean ud bha feum aig Israel air Dia a thighinn thuca an dà chuid mar theine agus mar uisge, oir bha aingidheachd na dùthcha air éirigh gu ire eagallach. Anns a' cheathramh caibideil tha Hosea ag innseadh mu'n chor bhrònach anns an robh Israel gu spioradail; tha e ag ràdh nach robh firinn, no ceartas, no eagal Dhe anns an tìr. Ach mur robh eagal Dhe ann bha gu leòir de oibre Shatain ann; mionnan, agus breugan, agus marbhadh, agus goid, agus adhaltranas, air chor agus gu robh tuigse nàdurra an t-sluaigh air a deanamh dorcha le an droch chaitheamh-beatha. Tha sin daonnaan a' tachairt; mùchaidh ann peacadh an solus nàdurra a tha ann an inntinn agus ann an coguis mhic an duine, is dorchaichidh e an cridhe. Tha sin cho cinnteach ris a' bhàs, agus ciod is cinntiche na sin? Ni am peacadh an cridhe maoth cruaidh agus a' choguis gheur maol.

Ach ged bha còmhstri aig Iehobhah ri Israel, agus ged bha am fàidh Hosea cinnteach gu'n dioladh e le tomhas dùbailte an aingidheachd, bha earbsa làidir aige mar an ceudna ann an tròcair iongantach an Tighearna, agus mar sin chuir e impidh air a luchd-dùthcha aithreachas a dheanamh, ag iarraidh orra le uile dhùrachd a chridhe éisdeachd ri faical an Tighearna agus pilleadh air an ais thuige. *Pillibh ri Iehobhak agus ni e bhur leigheas; tha a dhol a mach cinnteach mar a' mhaduinn; thig e d' ur n-ionnsuidh mar an t-uisge a dh' uisgicheas an talamh.*

B'e Hosea a' cheud fhear de na fàidhean a shearmonaich gràdh Dhe le cumhachd. Chan 'eil so a' ciallachadh nach robh na fàidhean a bha roimhe a' creidsinn gu robh gràdh sònruichte aig Dia air Israel agus tlachd aige 'na shluagh taghta. Bha na fàidhean uile a' creidsinn ann an coibhneas-gràidh an Tighearna d'a shluagh, ach rinn an fhèrrinn sin greim a bu làidire air inntinn Hosea na rinn i air inntinn duine air bith eile a bha beò 'na latha. Shearmonaich Amos an lagh, ach shearmonaich Hosea an soisgeul; chuir Amos cudthrom air ceartas agus fireantachd an Tighearna, ach chuir Hosea cudthrom air a ghràdh; thagair agus reusonaich e ris an t-sluagh iad a thionndadh ri Dia, chan ann air eagal gu'n sgriosadh

e iad le tàirneanaich a chorruich ach a chionn gu robh an ceannairc a leòn cridhe Dhe agus a' cur a ghràidh an suarachas.

Sin an t-aobhar gu bheil uiread brìgh agus beatha ann an leabhar Hosea agus gu bheil a theagasg cho soisgeulach an diugh fhathast. Tha caibidealan anns an leabhar so nach urrainn duit a leughadh gun eagal is cràdh-cridhe, na caibidealan sin anns a bheil e ag innseadh mu aingidheachd Israeil a chaidh air seachran o Dhia, ach an dràs d' s a ris tha am fàidh a' labhairt ann an cainnt nan ainglean, mar gu'm biodh a bheil air beantuinn ris le éibhleag bheò agus mar gu'm biodh e air a thogail suas do ionadan nèamhaidh far an robh sealladh aige nach fhacas riamh roimhe air àirde agus dòimhneachd agus farsuingeachd gràdh an Tighearna.

Cionnus a bheir mi thairis thu, O Ephraim! Cionnus a bheir mi seachd thu, O Israel! Cha chuir mi an gnòmh teas mo chorruich, oir is Dia mise agus cha duine; an Tì naomh ann ad mheadhon.

Suidhichidh mi dhomh féin i anns an fhearam, agus ni mi tròcair oirre-se nach d' fhuair tròcair; agus their mi ri-san nach robh 'n an sluaigh dhomh, Is tu mo shluagh; agus their iadsan, Is tu mo Dhia.

Tharruing mi iad le còrdaihb duine, le ceanglaichibh gràidh.

Is mise an Tighearna do Dhia a thug a nìos thu o thìr na h-Eiphit; chan 'eil Slànwighear ann ach mi.

Pill, O Israel, ris an Tighearna do Dhia, oir thuit thu le d' aingidheachd. . . . Léighisidh mise an cùl-shleamhachadh, gràdhaichidh mi iad gu saor; bithidh mi mar an drùchd do Israel; fàsaidh e mar an ligh, agus cuiridh e a mach a fhreumhan mar Lebanon.

Tha na briathran sin agus briathran soisgeulach eile de'n cheart sheòrsa a thachras oirnn ann an leabhar Hosea mar gu'm biodh boillsgeadh gréine air latha dorcha. Bha an là anns an robh Hosea beò dorcha da rìreadh; bha e a' faicinn a luchd-dùthcha a' tilgeadh dhiubh cuing an Tighearna agus a' toirt dùlain d'a lagh, is cha bu léir dha ciamar a ghabhadh e bhith gu'n rachadh iad as o mhallachd agus o fheing theinntich an Uile-chumhachdaich. Ach an uair a chuimhnich e air caomhalachd agus tròcair Dhe thàinig dòchas 'n a chridhe nach toireadh an Tighearna thairis a shluagh eadhon

ged rinn iad gràinealachd 'n a shealladh. Mar sin chuir Hosea na briathran so ann am beul Israeil, “Thigibh agus pilleamaid ri Iehobhah, oir is esan a ni ar leigheas; an ceann dà là ni e ar n-ath-bheòthachadh, air an treas là togaidh e suas sinn agus bithidh sinn beò 'n a làthair; thig e d' ar n-ionnsuidh mar an t-uisge, mar an t-uisge deireannach a dh' uisgicheas an talamh.”

A réir teagasg Hosea tha aithreachas a' ciallachadh, duine a thionndadh ri Dia. Ann an tionndadh air falbh o Dhia, tha bàs an anama; ann an tionndadh ri Dia tha beatha an anama. Sin teagasg Chrìosd mar an ceudna. Ann an aithreachas tha duine an toiseach a' tighinn thuige féin, agus an sin a' tighinn gu Dia. *Agus an uair a thàinig e d'a ionnsuidh féin, thubhairt e. . . Eiridh mi agus théid mi dh' ionnsuidh m' athar, agus their mi ris, Athair, pheacaich mi an aghaidh fhlaithheanaïs agus ad làthair-sa.*

Coltach ri Crìosd cha b'ann le bhì a' maoidheadh fearg Dhe orra no bagraidhean an lagha a dh' fheuch Hosea ri daoine a thoirt a steach do rìoghachd Dhe. *Chuir e ìmpidh orra, as uhd a' ghràidh shìorruidh a bha 'g an leantainn, iad a dh' èisdeachd ris.* Ma tha cumhachd anns an t-saoghal a bhriseas cruas ar cridhe nach còir gu'm briseadh se e! An uair a chuimhnicheas sinn air faighidín agus caomhalachadh an Tighearna d' ar taobh, a dh' aindeòin ar ceannairc 'na aghaidh; an uair a chuimhnicheas sinn gu bheil a ghàirdeana naomba-san sinnte a mach thugainn fad an là, ged nach 'eil sinne a' gabhail suim; an uair a chuimhnicheas sinn air a' ghaol shìorruidh nach b' urrainn eadhon fulangas no bàs a mhùchadh; an gaol a tharruing ar Slanuighear gu Calbhari,—nach uamhasach gu'm biodh ar eridheachan cho cruaidh 's nach briseadh sin iad an aithreachas agus an irioslachd an làthair Dhe!

Ann an làithean fhèola chuir e mulad air Iosa daoine a bhì tionndadh air falbh bhuaith agus gun suim aca do'n ghaol a bha 'n a chridhe dhaibh. “Chan àill leibh,” ars' esan, “teachd an ionnsuidh-sa, chum gu'm faigheadh sibh beatha.” Cha b' e buillean no tàir a naimhdean a tharruing an glaoth a bu ghoirte o Iosa an uair a bha e air thalamh; bu chruaidhe leis gu mòr an claidheamh a chaidh troimh a chridhe an uair a chuir a mhuinntir féin a bhuaichilleachd an suarachas agus a shaltair iad air a ghaol. *O, Ierusalem, Ierusalem, cia minic a b' àill leam do chlann a chruinneachadh ri chèile, mar a chruin-*

nicheas cearc a h-èòin fo a sgiathan, agus cha b' àill leibh. Sin glaoth goirt a bha air a tharruing o chridhe briste.

Tha sinn uile ciontach ann an tommas anns an ni so; tha sinn a' cur gràdh Dhe an suarachas, agus mar sin a' ceusadh a Mhic as ùr; ach an diugh a ris abramaid mar thubhairt Israel, “Thigibh, pilleamaid ri Iehobhah; agus thig e d' ar n-ionnsuidh mar an t-uisge.” Mar dh' ùraicheas na frasan blàth a thig a nìos o nèamh aghaidh na talmhainn, a' toirt fàs is toradh 'n an lorg, mar sin ni teachd Dhe do'n anam gach nì ùr is iongantach. Cuiridh e òran nuadh 'n a bheil.

Do-dhuine no do thir air a bheil tart chan 'eil tiodhlac air an t-saoghal cho prìseil ri uisge, tiodhlac a tha *sàmhach*, agus *saor*, agus *pàilt*. Mar so tha e 'n a shamhladh freagarrach air obair Dhe anns an anam:—

(1) *Sàmhach*; chan ann air dhòigh gu'm faicear i a thig rìoghachd Dhe. Cha bhuaill Dia clag an uair a labhras e ri anam. Chan fhairich agus cha chluinn neach eile an Spiorad Naomh ach a mhàin an neach ris a bheil e a' bruidhinn. Dà dhuine 'nan suidhe anns an eaglais taobh ri taobh, fear dhiubh a' faicinn nan nèamhan fosgailte agus Mac an duine 'na sheasamh air deas làimh Dhe, gun fhios do'n fhear eile,—sin agad cho sàmhach 's a thig frasan Dhe air an anam.

(2) *Saor*; cha ghabh gràs Dhe ceannach: tha e ri fhaotainn gun airgiod agus gun luach. Buinidh uisge is gaoth, grian is gealach, do'n cheàrd cho mhaith 's a bhuineas iad do'n rìgh; tha iad le chèile 'g am mealtainn o fhàbhar agus o choibhneas an Tighearna. Is ann mar sin a tha a thiodhlacan spioradail cuideachd. Cha ghabh iad ceannach no cosnadh, ach gheibhear iad gu *saor* leò-san uile a ghabhas riu.

(3) *Pàilt*; tha uaisle neo-chrìochnach ann an Dia; an uair a lionas e an cupan lionaidh e e agus an cuir e thairis; an uair a ghràdhaicheas e gràdhaichidh e gu saor; au uair a bheil e maithneas bheil e maithneas gu pàilt. “Dearbhaibh mi nìs leis an ni so, tha Tighearna nan sluagh ag ràdh, mur fosgail mi dhuibh uinneagan nan nèamh, a dhòrtadh a mach beannachd oirbh, gus nach bi àite ann 'g a chumail.”

O dhaoine tartmhor! thigibh chum
 Sruth pàilt nan uisge beò;
 A nasgaidh gheibh am bochd a dhiol,
 Gun airgiod is gun òr.

Turus do na h-Innsibh an Ear

LEIS AN URRAMACH IAIN MAC AONGHUIS, M.A., ANNS A' CHONGHAIL

THACHAIR dhòmhsa bhì mu dhà bhliadhna gu leth anns an oisein sin de na h-Innsibh ris an abrar *Na Duars*. Thill mi do'n dùthaich

so mu dheireadh an Earraich so chaidh, agus mar sin dh'iarr am fear-deasachaidh orm ear-rann bheag a sgrìobhadh air son na duilleig so.

Chan e nach 'eil gu leòr agam ri innseadh ; ach is e cheisd, e' àit an tòisich mi ? Is i chiad cheist a chaidh a 'chur orm air dhomh an dùthaich so a ruigheachd, " Am fac thu Ghandhi." Chan fhaca, agus cha chuala mi mórán mu dheighinn. 'Tha an sean-fhacal ag ràdh gu bheil adhaircean fada air a' chrodh a bhios anns a' cheò. Agus tha sin fìor a thaobh Ghandhi. Cho fad 's a tha dearbhadh againn, is e duine maith tha ann an Ghandhi, agus tha deagh-ghean móran de'n t-sluagh 'ga leantainn, agus tha maith an t-sluaigh dlùth d' a chridhe. Ach chan 'eil e idir cho mór ann an sùilean nan Inneanach 's a tha an sgeul a' dol anns an dùthaich so.

Is i ceisd eile, " An robh iad a' tilgeadh *bombs* faran robh thu?" Am *bomb* mu dheireadh a chunnaic mise, is anns an Fhraing. Cha do ghlas mi dorus fad 's a bha mi anns na h-Innsibh ; cha do chaill mi dad sam bith, agus tha mi am beachd gu'n robh mi cho sàbhailte am measg nan daoine dubha 's ged bhithinn a' fuireach anns a' Chonghal.

Anns an sgìreachd ud bha agam ri dà dhreuchd a choimhleanadh. Bha mi 'n am mhìnistir do ar luchd-dùthcha fhéin, a rinn an dachaidh anns an àite ud. Tha a' chuid is motha dhiùbh-san a' coimhead as déidh liosan *tea*. Os barr air sin, bha mi a' deanamh obair *missionary*, a' coimhead thairis air eaglaisean nan daoine dubha.

Coltas an àite

Tha *Na Duars*, mar is ainm do'n àite anns an robh mi fuireach, a' laighe air taobh tuath Bengal, air fìor oir a' chòmhnaird mhóir agus aig bonn nam beanntainean. Air a' chòmhnard tha am fearann air a ghearradh suas le ainmnichean móra. Fad an t-side thioram, tha e furasda gu leòr a dhol seachad orra. Chan 'eil anna ach srùlagan beaga sèimh. Ach 'nuair a thuiteas na h-uisgeachan—agus tha iad a' cumail orra fad an t-samhraidh agus an fhoghair—tha e eu-comasach do dhuine no do ainmhidh a dhol seachad orra. Tha iad a' ruigheachd leathad mór, agus 'n am braise tha iad a' sguabadh chraobhan sgoinneil air falbh. Air uairean, bithidh na h-ainmnichean móra a' brùchdadh thairis air am bruachan, agus 'nuair a thachras sin, bheir iad air falbh tighean, crodh, gadhair, rathaidean móra, agus an railway. Tha sin 'na chruaidh-fhortan do na daoine bochda air an tachair an tubaiste. Ach chan 'eil e idir cho duilich 's a bhiodh e na'n tachradh a leithid sin anns an dùthaich so. Nì dà dheagh latha oibreach tigh math. Gheibhear mart agus laogh air punn Sasunnach, no deich ar fhichead. Gheibhear gadhar math air crùn no seachd tasdain. Agus bheir an Government no an *Sarkar* mar a chanas iad,

cuideachadh do'n fheadhainn sin a chailleas an cuid air an dòigh so.

Os barr air sin tha na tuiltean feumail. Cha deanadh iad an gnothach as an aonais. Chan fhàs an *rice* mur cuirear e ann an dòimhneachd còig no sia dh' òirlich uisge. Ach aon uair 's gu'm faigh am fochann gréim maith, faodar an t-uisge a thraoghadh air falbh. Cluinnear uairean gu'm bi gort anns na dùthchanna so. 'Nuair a thachras sin, is e gainne, chan e cus uisge, a tha ag aobhrachadh na gorta.

Coilltean agus Fiadh-bheathaichean

Chan 'eil ann ach ceithir fichead bliadhna, mu àm cogadh Bhutan, o'n bha *Na Duars* uile fo choilltean, dachaidh gach seòrsa beathach fiadhaich ann an Asia. Ach o'n latha sin, chaidh an earrann as motha de'n fhearann a ghlanadh agus a shuidheachadh fo phreasan *tea*. Ach tha coilltean anabarrach briagha farsuinn ann fhathast. Ann an àitean, faodaidh neach a dhol dìreach roimh chòrr is fichead mìle de choille. Agus tha coilltean na's lugha ann, nach 'eil ach mu chòig no deich mìle a dh' fhaid. Eadhon anns an latha 'n diugh, ged tha an spréidh allaidh a' dol an lughad, tha am maghamhainn a' còmhnuidh aig bonn nam beann. Tha an leopard agus an tiger a' sealg air a' chòmhnard. Tha an torc fiadhaich agus a theaghlach a' bùrachd air son reathaichean. Tha na féidh mhóra de'n ainm *sambur* ag ionaltradh. Tha na féidh bheaga ris an abrar *barker* a' gluasad a mach is a stigh am measg nan craobhan. Ma théid sibh a mach tràth 's a' mhaduinn do'n choille, dh' fhaodadh gu faic sibh a' pheucag agus am peuc-choilleach, cho rioghail ris an iolaire fhéin, 'n an suidhe gu socair air meanglan craoibh àird.

Agus ma bhitheas an deagh fhortan 'g 'ur leantuinn, dh' fhaodadh gu faic sibh treud elephant. Ged tha an elephant 'na beathach ciùin socair, chan 'eil fiadh-bheathach anns an fhrith nach cùm glé chùramach air falbh bhuaithe. 'Nuair a ghabhas an t-ainmhidh mór so an dearg chuthach, 's e an rhinoceros an aon bheathach nach teich le bheatha. Mur cuir neach dragh orra, cha tig beathach sam bith, beag no mór, faisg air duine. Tha eagal aca roimh chuid innleachdan.

Daoine air an fhearann

Tha na coilltean uile fo chùram an *Forestry Department*. Tha na mìltean dhaoine ag obair aca. Tha na daoine sin a' fuireach anns a' choille ; bithidh gréim beag fearainn aig gach teaghlach ; tha iad air pàigheadh latha air son an tìm a dh' oibriceas iad. Tha aca ri'n tighean fhéin a thogail agus an cuid fearainn fhéin a ghlanadh. Mar mhàl tha iad a' toirt seachad mu dheich latha oibreach 's a' bhli-

adhna a nasgaidh. Anns *Na Duars* an Ear agus ann an taobh an Iar *Assam*, tha mòran dhiùbh a' leanntainn a' chreidimh Chrìosduidh. Tha an eaglaisean fhéin, an sgoiltean fhéin, an ceisdearan fhéin aca. Agus tha iad na 's fearr dheth na iadsan a tha fuireach ann am baile mór *Calcutta*.

Tha an earrann is motha de'n t-sluagh anns na h-Innsibh gu léir, agus gu h-àraidh ann am *Bengal*, air an fhearann. Buinidh a' chuid mhór de'n fhearann do'n *Ghoovernment*. Tha an tuath a' pàigheadh màl do'n *Ghoovernment*, agus os bàrr air sin chan 'eil an còrr cis aca ri dhìoladh. Tha am fearann air a roinn 'na chroitean beaga. Is ann ainneamh a thachras neach air tuathanach mór. Chan 'eil e mar chleachdadh aca an tighean a thogail air an cuid fearainn fhéin idir. Chi sibh anns a' Ghàidhealtachd tigh air gach lot. Ach cha toigh leis an Innseanach a bhì 'na aonar. Agus mar sin tha iad a' fuireach ann am bailtean beaga. Bithidh deich, fichead, no dà fhichead teaghlach a' còmhnuidh anns an aon bhaile. Tha an crodh agus na gadhair agus na buffaloes air an cruinneachadh mu àm an fheasgair, agus air am pìnnadh a stigh ann am bàthaichean am meadhoin a' bhaile. 'Sa mhaduinn, fuasglar an spréidh agus bithidh sgalach aig a' bhaile air son coimhead as an déidh fad an latha. 'Nuair bha mise 'n am bhalach is tric a chuala mi an glaodh, "Tha 'n crodh 's an arbhar." A réir coltais, tha crodh nan Innsean cho miosa, agus balaich nan h-Innsean cho moineiseach ri 'n luchd-dàimh anns an dùthaich so.

Biadh agus connadh

As déidh an tràth maidne théid na daoine, fir is mnathan agus clann, a mach a dh'obair anns na raoin. Bithidh na màthraichean a' giùlan nan leanaba beaga air an cruachan ann an seòrsa de phlaid. Ann an sin caidlidh iad cho socair 's ged bhiodh iad 'n an laidhe ann an creathail. Mu àm an fheasgair tillidh iad dhachaidh, bruichidh iad poit mhór de *rice*, de mhìn Innseanach, de chàl, is luibhean eile; agus ithidh iad gu'm bi iad làn. Chan 'eil mòran airgid aca ach chan 'eil gainne *rice* ann. Tha fiodh gu leòr timchioll air na *Duars*; mar sin chan 'eil gainne connaidh ann. Gheibh iad làn cartach de fhiodh—uiread 's as urrainn dà bhuffalo mhath a ghluasad—air son ochd sgillinn. Ach far nach 'eil iad faisg air coiltean, bithidh na boirionnaich a' cruinneachadh buachar a' chruidh, 'ga fhuineadh 'na bhonnaich thana, a' deanamh cruach bheag dhiùbh aig ceann an tighe, agus 'g an losgadh mar a bhios sinne a' losgadh na mòna. 'S e obair throm shalach a tha so. Cha chuir na fir corrag faisg air. Tha iad ro uasal air son sin. Mar sin, tha

beartas na h-innearach, a bu chòir an talamh a leasachadh, agus toradh an fhearainn a dhùblachadh, a' dol suas ann an ceò. Is ann le crann beag fiodha a bhios iad a' treabhadh. Chan 'eil e ao-coltach ri cas-chrom. Bithidh dà dhamh, neo damh is buffalo, 'g a tharring, dìreach mar a b' àbhaist dhaibh anns an àrde n-ear an àm nan abstol. Cha ghluais iad a mach á cleachdaidhean an aithrichean. Bithidh an Government a' cur dhaoine do'n ionnsaidh a tha ealanta ann an tuathanachas, los gu'n tigeadh beagan adhartais air dòighean àitich an t-sluaigh. Ach 's e chanas iad, "Mar so rinn m'athair, mar so rinn mo sheanair; bha iadsan 'n an daoine glìce; tha'n dòighean math gu leòr dhòmhsa."

Féill na seachduin

Chan 'eil aon latha 's an t-seachduin air a chur ar leth air son fois o obair, mar tha Di-Dòmhaich anns a' chreideamh Chrìosduidh. Ach tha latha 'san t-seachduin air a chur a mach anns gach sgìreachd air son margaidh, no *Bazaar* mar a their iad. Agus air an latha só tha chuid mhór dhiùbh a' tilgeadh cùraman fearainn agus spréidh air chùlaobh agus a' deanamh air son a' *Bazaar*. Ach chan ann 'n an aodach obrach. Fada bhuaithe. Bithidh *sari* ghlan gheal air gach bean is caileag, gach té is cluigeann òir is airgid mu h-aobrannan, mu chaol a dùirn, 'n a cluasan, 'n a sròin. Bithidh ceann gach fir agus loimnir ann le ola, 'fhalt air a shliobadh cho min ri gaoisid laoigh air ùr bhreith. Léine bhàn air ùr nigheadh mu dhrannaig, agus *dhòti* gheal cotain mu mheadhon agus a ruigheadh sìos gu faisg air aobrann, agus umbrella 'na làimh, tha e soilleir r'a fhaicinn gu bheil moit air airson maise a phearsa. Tha na fir a' coiseachd air thoiseach, na mnathan gu h-ìriosal a' cumail beagan air dheireadh. Chan 'eil iad a' cleachdadh bhròg no bhoineidean. Tha an craic-ionn air bonn an cas cho ruighinn ri seiche tairbh. Cha dean a' ghrian nì oirre ged tha iad a' falbh ceann-rùisgte fad am beatha. 'Se sealladh iongantach a tha ann am *Bazaar* mór. Tha ciadan de bhùthan beaga air an cur a mach air an làr, gach marsanta a' reic a chuid fhéin. Tha mìltean dhaoine a' cruinneachadh as gach ceàrn, faisg is fad as. 'S e reic is ceannach prìomh aobhar a' *bazaar*, ach a bhàrr air sin, tha e 'n a àite-coinneachidh chàrdean agus na àite-sgaoilidh air son naigheachdan briagach agus firinneach. Agus chan 'eil teagamh nach 'eil mòran pòitearachd a' dol air aghaidh. Chithear còrr is aon fhear 'na laighe 'n a chloisach an clais an rathaid mas tig crìoch air an latha.

Clann agus sgoilean

Tha meas mòr aig na h-Innseanaich air an cuid chloinne. Cha bu mhisid a' chlànn an

smachdachadh an dràs is a rithisd, ach tha an t-slat air a caomhadh. Gu h-àraidh tha na gillean a' faighinn an cead fhéin. Chan 'eil ach àireamh glé bheag a' dol do'n sgoil. Anns na *Duars* tha sgoil anns gach lios *tea*. Anns a' h-uile lios bithidh eadar dà is trì cheud cloinne de aois sgoile. Ach ma bhios fichead a' dol do'n sgoil, tha e 'na àireamh chuimseach.

Tha an Eaglais a' deanamh móran air son fòghlum an t-sluaigh. Tha i suidheachadh sgoiltean air feadh na dùthcha; tha i ag ullachadh luchd-teagaisg air son solus a chraobh-sgaoileadh; tha àrd-sgoilean, agus collaisdean aice anns na bailtean móra; ach air son sin uile, tha an earrann as motha de'n t-sluaigh gun chomas leughaidh no sgrìobhaidh. Tha feadhaim de ar luchd-dùthcha ag ràdh nach 'eil iad a' call móran; gu bheil fòghlum a' milleadh an duine dhuibh. An dràs chan 'eil teagamh nach 'eil neach a gheibh beagan sgoile dìombach oibreachadh le làmhan. Tha e air son a bhi 'na shuidhe aig dasc ann an oifis le peann is paipear. Ach 'nuair a bhios comas-sgrìobhaidh aig an t-sluaigh gu léir, bithidh atharrachadh sgeòil ann. Na'n cuirte am fear a tha air son sgoil a chumail o na daoine dubha a mach air feur coltach ris na coraich dhubh-cheannach, gun sgoil gun fòghlum, 's e mo bheachd gu'n atharraicheadh e a dhuan gu h-ealamh. Ma tha sgoil a' toirt gliocas do'n duine gheal ciamar a bhios e 'na phuinnean do'n duine dhubh?

Gàraidhean na tea

Cha bhuin ach glé bheag de luchd-oibreach nan gàraidhean *tea* do na *Duars* fhéin. Tha mu dhà cheud gàradh ann agus mu mhìle gu leth a' fuireach air gach gàradh. Ach buinidh a' chuid mhór dhuibh do *Ranchi*, do *Nagpur*, do *Madras* agus do chearnan eile. Eadhon mar a dh' fheumas móran de mhuintir na Gàidhealtachd an taobh-deas a thoirt orra air son obair fhaotainn, feumaidh iadsan an croitean fhéin fhàgail air son beagan ùine air son airgid a chruinneachadh. Ma bhios teaghlach mhór ghùilean ann, thig fear no dhà dhuibh a chum obair na *tea*, agus fanaidh am bodach agus a' chuid eile anns an t-seann dachaidh. Ni duine gleusda cùramach airgid math, ach tha móran a' cosd mar a choisneas iad agus a' dol am fiachan. Ach a nis tha móran a' deanamh an dachaidh anns na liosan. Chan

'eil fearann ach gann 'n an dùthaich fhéin; tha an sluagh dùmhail agus tha pàigheadh maith aca far am bheil iad.

Bha deich coimhthionalan dhaoine dubha fo mo chùram-sa anns na gàraidhean. Tha faisg air sia mìle Criosduidh anns na *Duars*. Dhe sin tha còrr is dà mhìle a' fuireach anns na gàraidhean *tea*. Tha iad uile ceangailte ri Eaglais na h-Alba. Tha ceisdear a' coimhead as déidh gach coimhthionail. Os cionn nan ceisdairean tha ministirean Innseanach a' dol timchioll an còmhuidh a' baisteadh, a' pòsadh, agus a' toirt seachd comanachaidh. Air an ceann-san uile tha am *missionary* Albanach. B' àbhaist dhòmh-sa bhi taghal aig gach eaglais cho tric is a b'urrainn dhomh; a' cur fàilt air na bràithrean, a' réiteach gnòth-uich sam bith a dh' fheumadh réiteach, a' searmonachadh an fhocail 'n an cainnt fhéin 'nuair a fhuair mi beagan comais innte, a' suidheachadh sgoiltean ann an àitean feumach, agus a' gabhail comhairle còmhla ris a' cheisdear air cor spioradail agus aimsireil an àite. 'S e searmonaichean glé laghach a tha anns na ceisdearean. Cha bhi iad ri bòilich mhór sam bith; cìùin sèimh, socair, tha iad a' cumail dlùth ri Focal Dhe, agus 'n am bheachd-sa, tha iad dileas ann a bhi dol a mach 's a stigh am measg an t-sluaigh latha as déidh latha. Agus tha mór èifeachd anns a' chleachdadh sin, anns an dùthaich so a cheart cho maith ris na h-Innsean.

Ar daoine féin

A h-uile Sàbaid bhiodh seirbhisean Beurla agam air son ar luchd-dàimh fhéin, na daoine geala, Albannaich is Sasunnaich, a tha 'n an luchd-coimhead air obair an *tea*. Bha an sgìreachd farsuinn, ceud mìle gu leth a dh' fhaid. Bha na daoine sgaipte. Ach shìos is shuas, thall 'sa bhos, bhithinn a' cruinneachadh dhòrlaichean beaga air son aoradh a thoirt do Dhia a réir cleachdaidhean an aithrichean.

Bha agam ri móran siubhail a dheanamh anns an obair sin. As aonais càr, bhiodh e eu-comasach a dheanadh. Chaidh car beag ùr a thoirt dhomh an àite seann *Ford* a bha diùltadh dol air son ùine. Rinn an càr beag sin feum math. Dh' iarr mi air móran fhuilang, ach cha do thréig e riamh mi. Is e mo ghuidhe gu'n dean e cho math do'n fhear a thàinig as mo dhéidh.

Ann's a' Chathair

UAIR a chaidh marsanta mór reamhar de mhuintir Ghlaschu a dh' iarraidh comhairle air Seumas Gregory, lighiche ainmeil a bha ann an Dùn-éideann, bha an còmhraidh so eatorra.

An Lighiche.—"Ciod a tha thu a' faireachduinn ceàr?"

Am Marsanta.—"Bithidh laigse a' tighinn orm an déidh mo bhìdh, pian 'n am stamaig, agus tuainealach 'n am cheann."

An lighiche.—"A bheil thu 'n ad dhuine stuama?"

Am Marsanta.—"Tha."

An lighiche.—“ C'uin a tha thu a' gabhail do bhraiceas, agus ciod a bhios thu a' gabhail ? ”

Am Marsanta.—“ Tha mo bhraiceas agam daonnan aig naoi uairean, ach mar is trice cha mhòr is urrainn mi a ghabhail; truinnsair brochais, agus an déidh a' bhrochain dà no trì chupaichean *coffee*, dà ubh agus crioman ham, no caob de bhradan, leth buillion arain agus im leis.”

An lighiche.—“ Agus ciod a bhios agad air do dhinnear ? ”

Am Marsanta.—“ Cha bhi mi a' gabhail ach dinnear aotrum, truinnsair eanbhrùich, crioman éisg, agus punnd feòla air a ròstadh, bunt-àta agus càl, agus aran is càise 'na dhéidh.”

An lighiche.—“ Am bi thu a' gabhail leanna no portair leis a' chàise ? ”

Am Marsanta.—“ Bithidh, ach tha mi a' gabhail cho beag's nach fhíach e ainmeachadh, dà channa leanna agus gloinne uisge-beatha an déidh mo dhinnearach; tha an t-uisge-beatha a' cuideachadh leam mo bhiadh a chnàmh.”

An lighiche.—“ Am bi thu ag òl fiona leis na ceud chùrsachan aig do dhinnear ? ”

Am Marsanta.—“ Bithidh, ach a thaobh 's gur fheàrr lean leann cha mi mi a' gabhail ach rud suarach de fhion.”

An Lighiche.—“ Cia meud gloine ? ”

Am Marsanta.—“ Theagamh ceithir no còig de ghloineachan, ach tha e cho beag 's nach fhíach e a bhi bruidhinn air.”

An Lighiche.—“ An déidh dinnear cho aotrum theagamh nach bi thu a' gabhail *tea* idir ! ”

Am Marsanta.—“ Ud, Ud, a dhotair, bithidh; ciamar a dheanainn as eughmhais *tea*? Ged nach 'eil mi trom air an *tea*, bithidh mi a' gabhail dhà no trì chupaichean anns an fheasgar, agus is maith leam i bhi làidir.”

An Lighiche.—“ Am bi thu a' gabhail suipear anns an oidheche ? ”

Am Marsanta.—“ Ma tha, fàsdaidh mi a ràdh nach bi; dìreach greim beag m' an téid mi a laighe, adag bheag, no sgadan dearg, no càise ròiste agus da bhriosgaid—rud-éigin mar sin le botul leanna, ach cha bhi suipear agam idir.”

An Lighiche.—“ An e sin uile e ? ”

Am Marsanta.—“ Theagamh gu'n gabh mi gloine toddi; tha iad ag ràdh gu bheil e maith air son cadaill.”

* * * * *

Bha am marsanta ud 'n a fhoirbheach anns an eaglais, ach cha d' thàinig e riamh 'n a chridhe nach robh e a' deanamh mar a dh' iarr Pol air muinntir na h-eaglais an Corint, “ *Co aca a dh' itheas no dh' òlas sibh deanaibh na h-uile nìthe chum glòire Dhe.* ”

Tha e car duilich a ràdh cia mar a ghlòraicheas sinn Dia 'n ar n-itheadh agus 'n ar n-òl, ach saoilidh mi co dhiu nach 'eil an geòcaire a' glòrachadh Dhe, no taitneach 'n a shùilean.

Tha an eaglais Phàpanach a' cur geòcaireachd am measg nam peacaidhean gràineil agus antromaichte ris an abair i *peacaidhean bàsmhor*. Ach chan 'eil na h-eaglaisean Pròstanach a' deanamh sin. Am measg nan ceudan searmon a chual am foirbheach ud am baile mòr Ghlaschu cha chual e riamh searmon anns an robh geòcaireachd air a dhìteadh no air a chronachadh. Chual e iomadh ministear a' dìteadh neo-stuamachd a thaobh dibhe, agus a' dìteadh dainsadh is coinneamhan-ciùil, ach cha chual e iad a' dìteadh geòcaireachd no leisg, dà rud a ni barrachd cron do anam agus do chorp duine na rinn dainsadh riamh.

Theagamh gu bheil na ministearan an dùil gur h-ann do na lighichean a bhuineas an dleasdanas so, rabhadh a thoirt do dhaoine mu gheòcaireachd, ach ged is maith na daoine na dotairean, tha fhios aca gu bheil am beò-shlàint an crochadh ri neo-mheasarrachd an co-chreutairean a thaobh bìdh, agus mar sin leigidh iad leò dol air an aghaidh mar a thogras iad, is cumaidh iad an smuaintean aca féin. Agus tha so ri ràdh as leth nan dotairean, gu bheil e anabarrach duilich do dhotair a ràdh ri fear no bean air bith gu bheil iad ag itheadh tuilleadh 's a chòir, ged tha fhios aige gu bheil.

Ann an aon seadh, chan 'eil mùghadh air bith eadar an geòcaire agus am misgear ach a mhàin gu bheil an dara fear na's glìce (no theagamh na's fortanaiche) ann an taghadh an nì anns a' bheil e ana-measarra. Ach tha an saoghal uile sìos air a' mhisgear, is gheibh an geòcaire as. A thaobh moraltachd an gnìomh-aran am fianuis Dhe tha an dithis cho coltach ri chéile 's nach urrainn an dara fear clach a thilgeadh air an fhear eile. Co dhiù is e feòil, no iasg, no pìob, no leann, no uisge-beatha, a bheir air daoine tuisleachadh, chan 'eil sin a' deanamh mùghaidh, oir is e an cionta, *gu'n do bhris iad lagh na stuamachd agus nach do cheus iad an ana-miannan.*

Ach ged nach 'eil anns a' mhisg agus anns a' gheòcaireachd, a thaobh moraltachd agus am fianuis Dhe, ach bò mhaol odhar agus bò odhar mhaol, tha na peanasan a tha leantuinn na misge anns an t-saoghal so móran na's truime na na peanasan a tha leantuinn na geòcaireachd, agus tha iad gu tric a' tuiteam air daoine neo-chiontach, air mnathan agus air cloimn. Sin rud a tha glé iongantach ann an saoghal a tha air a riaghladh le gliocas an Uile-chumhachdaich, gu bheil peanasan cho aotrum a' tuiteam air aon pheacadh agus peanasan cho trom a' tuiteam air peacadh eile, ged tha iad car coltach ri chéile cho fad 's is léir dhuinne. Ged dh' fhaodas an geòcaire a shaoghal féin a ghiorrachadh, tha e a' gleidheadh a chliù, agus a chiall, agus a chuid, agus a chàirdean, a dh' aindeoin a neo-stuamachd, ach caillidh am misgear iad sin uile leis an

neo-stuamachd cheudna. “Na bi am measg phòitearan fiona,” arsa Solamh, “no am measg muinntir a dh'itheas feòil gu geòcach.” “Ma's duine thu air do thoirt do chraos cuir sgian ri

d' sgòrnan.” Co aca a dh'itheas an geòcaire bliadh, no dh'òlas am misgear deoch, tha iad le chèile a' deanamh dia d' am brù agus a' toirt glòire do nàmhaid an anama.

An t-Urramach Eòghan Mac Gilliosa, nach maireann

THA sinn duilich gu'n do chaochail am ministear dìleas measail so air a' chòigeamh là de cheud mhios an fhoghair. Bha e còig deug agus trì fichead a dh' aois, agus tha leth-cheud bliadhna o thòisich e air searmonachadh an t-soisgeil an toiseach 'na oileanach òg.

Rugadh an Uidhist a Tuath e, mac do Chalum Mac Gilliosa a bha fada 'na mhaighstir-sgoil anns na h-eileanan an Iar; fhuair e fhòghlum an Oil-thigh Ghlaschu agus an Collaist na h-eaglais Shaoir; is bha e air a choisrigedh gu dreuchd 'na ministrealachd an Ath Tharracaill an 1896. 'Na dhéidh sin shaothraich e an Càirinnis, an Uidhist a Tuath; an Cill Taraglan, an Aird Mhic Shimidh; an Dearbhaig, am Muile; an Hacraig an Gallaibh; agus mu dheireadh ann an Echt, an Obar Dheathain,

agus an do leig e dheth obair-coimhthionail an uiridh.

Bha Mghr Mac Gilliosa 'n a shearmonaiche dùrachdach soisgeulach aig an robh comasan sònruichte ann a bhi mìneachadh na firinn. Mar aodhair bha e gnìomhach dleasdhanach; cuimhneachail air a bhi dol a dh' amharc dhaoine tinn agus aosda.

Bha e 'n a dheagh sgoilear Gàidhlig; fad bhliadhnachan bha paipearan snasmhor pongail air an sgrìobhadh leis ann am Miosachan na h-eaglais, an uair a bha na duilleagan Gàidhlig air an deasachadh leis an Ollamh Calum Mac Illinnein nach maireann. Anns gach àite anns an do shaothraich e riamh bha meas mòr air Eòghan Mac Gilliosa, agus b'airidh e air sin, oir bha e 'n a mhinistear maith agus 'n a dhuine bàigheil aoigheil. A. J. M.

Comhairle do Phàrantan

THA e mar fhiachadh air pàrantan a h-uile innleachd a chleachdadh gus cridheachan an cloinne a thàladh gu Dia agus gu Crìosd a shaor iad, agus aon uair 's a' bhliadhna co-dhiu, tha cothrom maith aca air sìol na riochachd a chur ann an talamh maith. Ma bhios iad an sàs anna gun sgar, 'g an ceasnachadh a thaobh an creidimh agus an cor spioradail, cha dean sin ach cron an àite maith, oir cha toigh le cloinn a bhi air an cur ann am boesa nam mionn, mar gu'm b' eadh, a h-uile latha deug 's a' bhliadhna a thoirt seachad fianuis m' an creud is m' am pàidir. Ach aig amannan sònruichte tha e an dà chuid nàdurra is freagarrach gu'n labradh pàrantan gu sòluimte r' an cloinn mu na nithean cudthromach sin air am bi sin uile a' smuaineachadh leinn fhéin, ged nach bi sinn ro thrìc a' labhairt umpa, agus is e aon de na h-amannan sin co-aimn an latha-breith.

Ma tha mac no nighean agad-sa, a leughadair, agus iad air falbh o'n tigh, ag obair no ag ionnsachadh anns a' bhaile mhór, cha saoilinn ach glé bheag dhìot na'n leigeadh tu co-aimn an latha-breith seachad gun litir ghaoil a chur thuca, agus gun feuchainn r'an cridheachan aomadh gu Dia, agus an smuaintean a shoeru-

chadh air nithean urramach is beusach is fìorghlan. Cha mhò a shaoilinn ach glé bheag de ghille òg air bith nach deanadh fughair ri litir mar so air co-aimn a latha-breith, litir a bha air a sgrìobhadh le màthair dhiadhaidh.

A Mhic ghaolaich, bidh tu am màireach fichead bliadhna, agus thu mise is t' athair a' cur ar bean-nachd thugad. Tha sinn taingeil do Dhia gu bheil thu air do chaomhadh gu so dhuinn, agus a' guidhe gu'm bi thu air do chaomhadh gu bhi dhuinn 'n ad chrìom gairdeachais 'n ar seann aois. Ma bhios tusa sona, bidh sinne sona cuideachd, ach cuimh-nich, a mhic, nach 'eil sonas ceart r'a fhaotainn mur tabhair thu suas do shlighean do Dhia. Tha sinn toilichte a chluinntinn gu bheil companaich agad a bhios a' dol do'n eaglais; cha bu mhuith le t' athair gu'n deanadh aon d'a chloinn dearmad air tigh an Tighearna. Tha sinn uile a' cunntas nan làithean gus am faic sinn thu, agus a' guidhe gu'm bi beannachd an Tighearna maille riut am màireach agus a h-uile là eile.

Ged nach taisich an litir so do chridhe-sa, a leughadair, 'g a faicinn air an duilleig fhuar so, cha b' ann mar sin a bha i do'n bhalach ud, 'g a faicinn ann an làmh-sgrìobhaidh a mhàthar.

Mìos meadhonach an Fhoghair

Cuairt na Gealaich

A' cheud cheathramb, 26mh là
An solus làn, 4mh là

An ceathramh mu dheireadh, 11mh là
An solus ùr, 19mh là

“ Oir b'i aithne an rìgh mu'n tìmhchioll gu'm biodh cuibhrionn àraidh air an son,
a dh'lighe fèin air gach là.”—NEHEMIAH, xi. 23.

- | | | | |
|-----------------|--|-----------------|---|
| 1. Di-haoine | Mìos roimh gach ràidh a choltas. | 16. Di-Sathuirn | Ceilidh na mnathan*an rud nach aithne dhaibh. |
| 2. Di-Sathuirn | An uair a chuireas a' chraobh a mach a duil-leach tha fhios agaibh gu bheil an samhradh am fagus. | 17. Di-dòmhaich | An uair a bhuaineas tu t'fhoghar ad achadh . . . fàg sguab air son a' choig-rich, air son an dilleach-dain, agus air son na bantraich.—Deut. xxiv., 19. |
| 3. Di-Dòmhaich | Sàthaibh an corran oir tha am fogharadh abuich.—Ioel iii. 13. | 18. Di-Luain | Cha chall na gheibh caraid. |
| 4. Di-Luain | Cuiridh an t-airgiod folach air mearachdan an duine shaoibhir. | 19. Di-Màirt | Cha charaid ach caraid na h-airce. |
| 5. Di-Màirt | Cuiridh an ùir folach air mearachdan an lighiche. | 20. Di-ciadaoin | Is mòid rud a roimn. |
| 6. Di-ciadaoin | Fosglaidh iuchair òir gach dorus ach dorus nèimh. | 21. Di-ardaoin | Am fear falamh 's e gun ni, suidhidh fada shìos bho chàch. |
| 7. Di-ardaoin | Is saobhir am fear a tha toilichte le chrannchur. | 22. Di-haoine | Cridhe na circe an gob na h-airce. |
| 8. Di-haoine | Am fear a phòsas air son earrais tha e a' reic a shaorsa. | 23. Di-Sathuirn | Am peacadh as sine air an t-saoghal, sannt. |
| 9. Di-Sathuirn | Chan 'eil saorsa iomlan ach anns an uaigh. | 24. Di-dòmhaich | Chaidh am fogharadh seachad; tha an samhradh thairis, ach chan 'eil sinne air ar saoradh.—Ierem. viii. 20. |
| 10. Di-dòmhaich | Guidhibh-sa air Tighearna an fhogharaidh luchd-oibre a chur a mach chum fhogharaidh fèin.—Mata ix. 38. | 25. Di-Luain | Chan 'eil aithreachas anns an uaigh. |
| 11. Di-Luain | Tha nàmhaid aig a h-uile duine 'n a chridhe fèin. | 26. Di-Màirt | Tha Gliocas àrd a' gairm, Bi an àm. |
| 12. Di-Màirt | 'Nuair a chluinneas tu cagarstaich, cluinnidh tu breugan. | 27. Di-ciadaoin | Ar làithean air an àireamh ta 'S gun tàmh a' gabhail seach. |
| 13. Di-ciadaoin | Chan eagal leis an fhìrinn an solus. | 28. Di-ardaoin | Is goirid gus an tig an uair A ni do 'n uaigh ar teach. |
| 14. Di-ardaoin | Is fèarr do dhuine fuireach sàmhach na droch dhàn a chur an céill. | 29. Di-haoine | O bìtheam-sa air deas-làimh Chrìosd Tràth dh' iobras fonn is cuan. |
| 15. Di-haoine | Bha e gun naidheachd 'n uair a dh' innis e gu'n do chrochadh 'athair. | 30. Di-Sathuirn | Is faigheam fàilte uaith air m' ainm Gu sonas anmhor buan! |



Annas a' Chùbaid

“*Neach a b' ionmhuinn le Iosa.*”—Eoin xiii. 23.

CHAN 'eil gin de na h-abstoil aig a bheil Coisean cho blàth ann an cridhe nan creid-mheach 's a tha aig an abstol Eoin. Chan 'eil sin iongantach oir bha oisean blàth aige ann an cridhe Chrìosd ann an làithean fheòla. Ma dh' fheòraichear car son a bha e air a thaghadh á measg chàich gu bhì 'na chuspair gaoil do Chrìosd, chan urrainn sinn a ràdh ach gur cinnteach gu robh ni air chor-eigin ann am pearsa agus ann an gné an duine a tharruing gràdh an t-Slànuigheir 'g a ionnsuidh.

Cha robh e iomlan na's mò na càch ; bha Peadar a cheart cho blàth-chridheach ris ; bha Philip agus Aindreas a cheart cho eudmhor ris ; bha Seumas a cheart cho ciùin ris, ach bha ni air chor-eigin 'na aodann agus 'na nàdur a dhuaisg gaol air ann an cridhe Chrìosd.

Ged bha còig de leabhraichean an Tiomnaidh Nuaidh air an sgrìobhadh le Eoin chan aithne dhuinn ach glé bheag mu'n duine fhéin. Cha d'thug e iomradh air fhéin ach annamh. Cha b' ann a thoirt fianuis uime fhéin a thug e fhàch air a' pheann, ach a thoirt fianuis mu'n Fhacal a rinneadh 'na fheòil, chum gu'n creideadh an saoghal gu'm b' e Chrìosd an solus fìor agus gu robh glòir Dhe a' gabhail còmh-nuidh ann.

Tha e coltach gu robh cùram anna air a dhùsgadh ann an Eoin le searmonachadh a' Bhaistich, agus gu robh a chridhe deas air son Chrìosd an uair a thàinig e gu abhainn Iordain a shearmonachadh soisgeul na Rìoghachd. Bha briathran a' Bhaistich dha mar fhuaim na trompaid agus mar thàirneanach an lagha, ach bha briathran Chrìosd dha mar fhrasan blàth air an fheur òg. Bho'n latha anns an do ghlac Iosa an toiseach e, dh' fhan Eoin maille ri Iosa 'na dheuchainnibh ; cha d' fhàilnich a dhil-seachd no a ghràdh. Bha e maille ris an Galile agus an Ierusalem ; chunnaic e na h-oibrichean mìorbhuileach a rinn e ; chual e na briathran gràs-mhor a labhair e ; agus uigh ar n-uigh dh' abaich a chreideamh gus mu dheireadh an d' thubhairt le e làn dearbhachd agus le gairdeachas mòr, *Chunnaic mi a ghlòir mar ghlòir aoin-ghin Mhìc an Athar.*

Ged nach d' innis Eoin dhuinn uiread mu bheatha Chrìosd air thalamh 's a dh' innis na soisgeulaichean eile, cha b' ann a chionn nach robh fhios aige air na nithean air an do rinn iadsan iomradh. Ach a chionn nach b' urrainn

dha iomradh a dheanamh air a h-uile rud, thagh e na briathran agus na gnìomharan sin a bha e an dùil a bheireadh air a luchd-leughaidh a chreidsinn gu'm b' e Iosa Mac Dhe. Sheall càch air Chrìosd o'n taobh a muigh ach sheall esan air o'n taobh a stigh, agus anns a h-uile leabhar a sgrìobh e, is e diadhachd Chrìosd an ceann-teagaisg ; toiseach is meadhon is deireadh a sheanchais.

Bha e maille ri Chrìosd aig na h-amannan a bu shòluimte 'n a bheatha ; air beinn a' chruth-atharrachaidh ; an gàradh Ghetsemane ; anns an t-scòmar uachdrach ; agus anns na h-ionadan naomha sin chunnaic e earlais de'n ghlòir a bha ri bhì air a foillseachadh dha 'n a lànachd anns na làithean deireannach. Bha e còmhla ri Chrìosd aig a' chuirm naomh a mhiannaich e itheadh maille ri dheisciobuil roimh dha fulang, agus chual e na briathran deireannach a labhair Mac an duine, briathran cho domhain agus cho brioghmhor, cho làn gràis is fìrinn 's gu bheil iad 'n an aran beatha do'n t-saoghal o'n là sin gus an diugh. An uair a leag Eoin a cheann air uchd an t-Slànuigheir bha e mar gu'm biodh e air a thogail suas air beinn an Tighearna far an do bhlaic e de nithibh blasda làn de smior agus a dh' fhìon aosda air a dheagh tharruing.

Bha e 'n a shùil-fhianuis mar an ceudna air bàs an t-Slànuigheir ; air dha a bhì dlùth do'n chrann-cheusaidh chunnaic e sealladh iongantach nach faca sùil eile ; chunnaic e fuil agus uisge a' sruthadh as a thaobh an uair a lot fear de na saighdearan a thaobh le sleagh. Cha do dhìchuimhnich Eoin an sealladh ud gu brath ; anns an litir a sgrìobh e 'n a sheann aois tha e a' tighinn thairis air, “ Is e so esan a thàinig tre uisge agus tre fhuil, Iosa Chrìosd ; chan e tre uisge a mhàin, ach tre uisge agus fuil ; agus is e an Spiorad a ni fianuis, do bhrìgh gur fìrinn an Spiorad ” ; *I Eoin v. 6.*

B' ann air cùram an deisciobuil ghalaiach so a dh' fhàg Iosa a mhàthair, is tha e glé choltach nach d' fhàg Eoin Ierusalem gus an do shiubhail i. Ach an uair a shiubhail Muire, agus a bha e saor o'n bhòid a ghabh e cho toileach agus a ghléidh e cho dileas, dh' fhàg Eoin Ierusalem, is thòisich e air saothrachadh an aobhar an t-soisgeil.

Chan urrainnear a ràdh le cinnt cìod an ceàrn de'n t-saoghal air an do chuir e aghaidh,

ach a réir beul-aithris na h-eaglais chuir e seachad àireamh bhliadhnanach an Ephesus. Car son a dh' fhàg e Ephesus chan urrainn sinn a ràdh, ach ann an leabhar an Taisbeanaidh tha sinn a' leughadh gu robh e ann an eilean Phatmois. Tha cuid ann beachd gur ann le comhairle shuidhichte agus le shaor thoil fhéin a chaidh e do'n eilean iomallach so; gu'n do theich e air falbh bho ghleadhraich agus bho dhriop an t-saoghail gu àite uaigneach anns am b' urrainn dha beachd-smuaineachadh air firinnean a' chreidimh agus air saobhbheas dorannsaichte Chrìosd ann an sith is sàmhchair. Faodaidh sin a bhith, ach tha e móran na's coltaiche ris an fhìrinn, gu robh Eoin ann am Patmos mar phrìosanach air son a' chreidimh. Sin an dòigh anns an do thuig na h-aithrichean na briathran a sgrìobh e fhéin, *Bha mise Eoin, bhuir dearbh-bhràthair, agus bhuir companach ann an àmhghar, agus ann an rìoghachd agus am foighidìn Iosa Chrìosd, anns an eilean ris an abrar Patmos, air son Facal Dhe, agus air son fianuis Iosa Chrìosd.*

Ach ma bha Patmos 'n a phrìosan d'a chluinn cha robh e 'n a phrìosan d'a spiorad; dh' fhoillsicheadh dha nithean a tha, agus a bha, agus a tha ri teachd; chunnaic e nàmh fosgailte agus an Ti a tha 'n a shuidhe air an rìgh-chaitir, agus air dha bhi le aghaidh gun fholach ag amharc mar ann an sgathan air glòir an Tighearna bha e air atharrachadh chum na h-ìomhaigh ceudna, o ghlòir gu glòir.

Is e na leabhraichean a sgrìobh e an dìleab a dh' fhàg Eoin aig an eaglais. Ann am fion lios Dhe tha àite fhéin aig gach duine; tha àite aig fear nan còig tàlannan, agus àite aig fear na h-aon tàlann; aig an fhear a labhras, agus aig an fhear a sgrìobhas, aig an fhear a léighseas cuirp, agus aig an fhear a lionas am beul acrach. Bha eadar-dhealachadh mòr eadar Pol agus Eoin a thaobh an seirbhis, ach bha a ghlòir fhéin aig gach aon dhiùbh. B'e glòir Phoil na h-eaglaisean a chuir e air an cois am measg nan cinneach agus na h-anmanna a choisinn e do Dhia, ach b'e glòir Eoin na leabhraichean prìseil a sgrìobh e, leabhraichean anns a' bheil dòimhneachd breithneachaidh, is lànachd beatha, is dìomhaireachd naomh nach d' thug an saoghal asda fhathast.

Tha mìle guth ann an sgrìobhaichean Eoin, cuid dhiùbh a chluinneas na h-uile, ach cuid eile nach cluinn ach iadsan aig a' bheil deagh chlaisteachd gu spioradail. Tha seudan luachmhor anns na leabhraichean a sgrìobh an diadhair so, ach is e iadsan aig a' bheil an imtinn spioradail a ruigeas orra. Mar is mò a bheachd-smuainicheas sinn air a bhriathran, is ann is mò a chì sinn an saobhbheas beatha is eòlais a tha air fholach annta. Ràinig e air rùintean dìomhair a bha folaichte ann an Dia

o thoiseach an t-saoghail, agus sgrìobh e mar le peann aingil.

Ciamar a ràinig Eoin air na nithean so? Cha robh ann ach iasgair; cha do shuidh e aig casan sgrìobhaiche is cha do chuir tigh-fòghluim ann an Ierusalem a sheula air. Cha d' ionnsaich e litreachas, ach sgrìobh e litreachas a mhaireas gu bràth. Dh' òl na linntean a chaidh seachad as na tobraichean a chladhaich Eoin; chaisg iad an iotadh is dh' ath-nuadhaich iad an neart, agus thig na ginealan nach do rugadh fhathast a dh' ionnsuidh nan tobraichean ceudna gu deireadh an t-saoghail. Cluinnidh na h-amadain agus an luchd-siubhail fuaim a ghutha, agus cluinnidh na daoine glic agus eagnaich e mar an ceudna. Is e an aon fhreagairt as urrainnear a thoirt seachad, *gu'n do labhair Eoin mar bha e air a ghluasad leis an Spiorad Naomh.* Bhean teine Dhe ri bhilean. Bha e air a shoillseachadh le solus o'n àirde, is ghluais e mar aingéal am measg nithean neo-fhaicsinneach is sìorruidh. Bha a chridhe glan mar an sneachd, agus a shùilean làn soluis. Cha do bhean Chrìosd ri ni no ri neach riamh nach do naomhaich e; bhean e ri Eoin, agus feuch! rinneadh an t-iasgair 'n a fhàidh.

Tha e air a ràdh gu robh e sia fichead bliadhna a dh' aois an uair a shiubhail e, ach cha d' fhàilnich a shùil, ni mò a thréig e neart e. Bhlaic e deagh thìodhlac Dhe is dh' ath-nuadhaich e òige mar an iolair. Tha cuid de dhaoine ann a bheir dhuinn an rud as fheàrr a tha aca an uair a tha iad fhathast òg. Tha iad ag abuchadh tràth. Ach cha b' ann dhiùbh sin Eoin. Ghabh e ùine m'an d' thàinig e gu ìre spioradail. Ghabh e ùine mhór ag abuchadh ach b' fhiach am foghar fantuinn ris. Ghléidh e am fion a b' fheàrr gu deireadh an latha, is cha do chuir e peann air paipear gus an robh e 'n a sheann duine. Tha móran dhaoine a' stad a dh' fhàs gu spioradail m' an tig ròimneag liath 'n an ceann, ach bha Eoin a sìor fhàs gus an latha mu dheireadh. Bha e mar chraoibh air a suidheachadh ri taobh nan uisgeachan, a sgaoileas a mach a freumhan ri taobh an t-srutha, aig am bi a duilleach uaine agus nach sguir de thoirt seachad toraidh.

'S an àm am bi iad aosmhor liath

Bheir iad mòr mheas a mach

Is bithidh sultmhor le deagh bhlàth

Dhùibh sud gach uile neach.

B'e am facal mu dheireadh a labhair e, a *chlann bheag, gràdhaichibh a chèile.* Thòisich e le gràdh is chrìochnaich e le gràdh. Rinneadh an deisciobul ionmhuinn 'na abstol a' Ghràidh. An do chuir duine riamh uiread brìgh ann an trì facail 'sa chuir Eoin an uair a sgrìobh e, *Is gràdh Dia?*

Ann s a' Chathair

CHAN 'eil ach beagan is ceud bliadhna bho Chaidh an seann saoghal anns a' Ghàidhealtachd as an t-sealladh agus a thòisich an saoghal ùr as aithne dhuinn an diugh air tighinn am fradharc. Gu àm Waterloo, ged nach robh na h-uile nithean uile gu léir mar bha iad o thoiseach a' chruthachaidh, bha iad mar bha iad o chionn nan ceudan bliadhna; fad dà no trì cheud bliadhna cha d' thàinig a bheag a dh' atharrachadh air a' Ghàidhealtachd a thaobh obair agus beatha an t-sluaigh, no a thaobh an tighcan agus am beò-shlàint. An déidh Chùil-fhodair thòisich an seann saoghal air falbh agus an saoghal ùr air tighinn, ach is ann an déidh Waterloo a thàinig an t-atharrachadh so gu ire.

Cho fad 's a bha na fineachan a' tapaid ri chéile bha meas aig na tighearnan air an tuath, oir mar bu lionmhoire a dhaoine is ann a bu chumhachdaiche an t-uachdaran, ach an uair a bha na fineachan air am briseadh agus ùghdarras nan tighearnan air a thoirt bhuaipa an déidh Chùil-fhodair cha robh uiread meas tuilleadh air an tuath; cha robh anna ach uallach air an fhearann, is thòisich na h-uachdaran air an fhearann a chur fo chaoraich.

Na ciobairean Gallda

Is ann mu na bliadhnan 1780-90 a thòisich tuathanaich o'n chrich Shasunnaich air fearainn-chaorach a ghabhail anns a' Ghàidhealtachd, a' sgaoileadh air feadh na dùthcha uigh ar n-uigh, o Dhùn-Breatunn gu Còmhla agus gu Lathurna; suas siorramachd Pheairt agus a mach gu ruige Muile. 'S e caoraich dhubb-cheannach a bha aca an toiseach, is bha na caoraich a' deanamh cho maith air an fheurach ùr a bha cho farsuing glan's gu robh e furasda gu leòir do'n uachdaran a thri uiread màil fhaotainn o na tuathanaich Ghallda 's a bha e faotainn o'n t-seann tuath. Ann an 1768 b' e am màl a bha Mac Mhic Alasdair, an Gleann Garaidh, a' faotainn o'n oighreachd seachd ceud, ach ann an 1802, an uair a bha móran de'n oighreachd air a cur fo chaoraich, bha e a' faotainn còig mìle aisde. Bha oighreachdan eile air a cheart dòigh.

Cha ch do stad na tuathanaich Ghallda aig Druim-uachdar; lean iad orra mu thuath is sgaoil iad air feadh Inbhir-nis agus siorramachd Rois is Chataibh, gus an do ràinig iad am Parbh agus Loch Euraboll.

Cha bu toigh le muinntir na Gàidhealtachd na daoine ud an toiseach, is bhitheadh iad a' bearradairachd agus a' magadh orra gun sgur, ach cha robh coire air bith ri bhi air a chur as leth nan Gall. Ma bha aobhar ghearain aig an tuath is ann an aghaidh nan uachdaran, oir is iadsan a b' aobhar air na ciobairean Gallda a thigheinn do'n dùthaich.

Ged is dona do uachdaran air bith nàisinn an àite a chur air falbh a dheanamh àite do choigrichean cha bu chionn do'n Ghàidhealtachd gu'n d' thàinig na tuathanaich agus na ciobairean ud o'n Ghalldachd innte. Oir bha iad 'n an daoine làidir agus 'n an daoine gnìomhach; daoine anns an robh fuil ghlan; is chan e mhàin gu robh am fuil glan ach bha i a' freagairt anabar-rach maith air fuil nan Gàidheal. Phòs móran de na Goill ud mnathan Gàidhealach is dh' fhàg iad as an déidh stoc cho mhaith 's a bha riamh anns a' Ghàidhealtachd.

A thuilleadh air sin dh' ionnsaich iad do mhuinntir na dùthcha eiamar a bu chòir fearann a bhì air oibreachadh agus gach car is cleas eile anns an tuathanachd. Chan 'eil mac a' Ghàidheil 'n a thuathanach maith gu nàdurra; is fheàrr leis fada cian a bhì spaisdrieh no ri sealg seach a bhì ag obair air achadh curachd no buana, ach tha gaol an fhearainn agus ealadhain an tuathanachais am fuil agus am féithean nan Gall. Gach adhartas a thàinig air tuathanachas anns a' Ghàidhealtachd riamh is ann o na Goill a dh' ionnsaich sinn e.

Aireamh an t-sluaigh

Ann s a' bhliadhna 1801 cha robh de shluagh an Albainn uile ach beagan is muilean gu leth, ach leis a' mhathachadh a thàinig air am beò-shlàint cha mhór nach do thrioblach iad ann an ceud bliadhna, oir bha ceithir muileanan gu leth ann, an 1901. Cha d' fhàs àireamh an t-sluaigh cho bras anns a' Ghàidhealtachd 's a dh' fhàs e anns na bailtean mu dheas, ach a dh' aindeoin gu robh sruth de eilthirich a' falbh as a' Ghàidhealtachd do America o thoiseach na naoicamh linn deug bha àireamh an t-sluaigh a sior dhol am meud, agus b' e sith, buntàta, agus celp, 'n a h-aobharan air sin. Mu na bliadhnan 1840-60 bha barrachd dhaoine anns a' Ghàidhealtachd agus anns na h-eileanan an Iar na bha riamh ann; uaith sin tha àireamh an t-sluaigh a' dol sìos, agus anns na bliadhnan deireannach so tha e dol sìos mar gu'm biodh clach a' dol le gleann.

Theagamh gu robh bàrr-suime sluaigh anns a' Ghàidhealtachd ceithir fichead bliadhna air ais, barrachd dhaoine na b' urrainn i a ghiùlan no bheathachadh, ach is e an cunnart an diugh gu bheil an slugh air fàs cho tana 's nach fhada gus nach bi duine idir anns na glinn. Ma théid cùisean air aghaidh mar tha iad a' dol cha bhì a' bheag de 'n t-seann stoc air fhàgail ann an ceud bliadhna eile. Bho chionn dà bhliadhna b' fheudar do Bhòrd an Fhearainn muinntir Iort a thogail air falbh as an eilean, mar gu'm biodh banaltrum a' togail pàisde 'n a h-uchd, a chionn gu robh na fir air fàs cho gann agus cho sean

agus cho meata 's nach b' urrainn daibh obair an eilein a dheanamh mar b' àbhaist, no èoin a thoirt as na creagan, no iasg as a' mhuir, no bàrr as an talamh; is theagamh gu'n tig an latha a chluinnear a' cheart ghlaodh-éigin o eileanan eile ag iarraidh air a' Ghovernment as uchd mhaithéis am fuidheall dhaoine a dh' fhàgadh annta aiseag gu tìr-mór.

Aig aon àm bha stoc mór dhaoine air Tiriodh agus air eilean I, a bha toirt an lòn agus am beò-shlàint uile as an talamh agus as a' chuan timchioll orra. An uair a bha còig mìle duine ann an Tiriodh cha robh unnsa de'n bhìadh a bha 'g am beathachadh air a thoirt a steach do'n eilean; bha e air a thoirt as an talamh no as a' mhuir, ach an diugh, ged nach 'eil ann ach mu ochd ceud deug duine, tha a' chuid mhór de bhìadh an eilein air a thoirt a Glaschu leis an *Dunara*. Rud neònach; an àite na dùthcha a bhì beathachadh nam bailtean-móra is e na bailtean-móra a tha beathachadh na dùthcha. Ma théid thu steach do'n tigh aig Iain Mac Sheumais Bhàin, seana chroitear ann an eilean I, aig a bheil pension na seann aoise, agus pension eile aig a' mhnaoi agus aig piuthar is bràthair dha, agus ma dh' fhanas tu ri biadh, gheibh thu sgothaichean air an deanamh de'n chruithneachd as mine a tha tighinn á Manitoba; ham a thàinig á Denmark; tea a thàinig as na h-Innsibh an Ear; siùcar a thàinig as na h-Innsibh an Iar, im a thàinig á Inbhir-àir, agus càise a thàinig á America. Theagamh nach 'eil dad de'n bhìadh a bhios air a' bhòrd air a thoirt á talamh I ach an deur bainne a chuirear anns an tea, agus am buntàta. Tha longan Tharsuis a' tarruing bidh agus sòghaltachd gu eileanan na Gàidhealtachd mar nach robh iad riamh roimhe, ach ma tha, cha mhaith an comharradh sin, oir is ann gu seann daoine a tha iad 'g an tarruing, daoine nach 'eil a' fàgail sliochd 'n an déidh. Cha robh muinntir na Gàidhealtachd riamh cho comhfhurtachail 's a tha iad an diugh, ach cha robh iad riamh cho gann de chloinn; sgoilean 'g an dùnadh a chionn nach 'eil clann ann a théid annta. Chan e mhàin gu bheil Tiriodh, agus eilean I, agus àitean eile anns a' Ghàidhealtachd a' faotainn am bidh á Glaschu ach tha iad a' faotainn na cloinne as; cuiridh iad litir do *Ghovan* a dh' iarraidh pàisde mar a chuireas iad litir gu Mac Phàrlainn Shearer a dh' iarraidh poca mine, is thig am pàisde agus am poca mine air an *Dunara* còmhla.

Buntàta agus Celp

Dh' fhàs an sluagh lionmhor anns a' Ghàidhealtachd a chionn gu robh buntàta pailt agus gu'n d'thug obair na ceilpe cosnadh is tuarasdal dhaibh. Ann an iomradh a rinn an t-Urramach Seumas Robasdanach, ministear Chalasraid, do Bhòrd an Fhearainn an 1808, air na dòighean-

tuathanachais a bha aca ann an siorramachd Inbhir-nis, tha e ag ràdh gu robh an dara leth de mhuinntir Albainn a' tighinn beò air buntàta, fad ochd no naoi mìosan de'n bhliadhna, agus theagamh barrachd 's an dara leth de mhuinntir na Gàidhealtachd. Ged nach do ghabh na Gàidheilris a' bhuntàta gu togarrach an toiseach, aon uair 's gu'n d' fhuair iad blas air, ghabh iad ris mar bhìadh gu h-anabarrach, is thòisich iad air gu leòir dheth a chur. Cho fad 's a bha e a' fàs gu maith cha robh gainne bidh orra, ach an uair a thàinig galair a' bhuntàta dh' fhalbh dà thrian de bheò-shlàint na Gàidhealtachd is thòisich an sluagh air fàs tana.

Bha beagan de'n ghalar air àitean eile cho tràth ri 1834 agus anns na bliadhnan 'n a dhéidh sin, ach is ann an 1846 a dh' fhalbh am buntàta anns a' Ghàidhealtachd gu buileach. Bha am bàrr eile glé mhaith a' bhliadhna sin, agus am buntàta fhéin gu deireadh an t-samhraidh, ach an sin thòisich e air dubhadh, agus ann an ùine ghoirid cha mhór gu robh bun no bàrr fallan anns an dùthaich. An sin thòisich bliadhnanach na gorta.

Thàinig a' cheud ghlaodh as na Hearadh, ag iarraidh cobhair a dheanamh orra, a chionn nach robh biadh no annlann aca ach maorach a' chladaich agus na siolagan a bha iad a' cladhach air tràigh Scarasta. Bha cùisean a cheart cho dona anns na h-eileanan eile; an Uidhinn, anns an eilean Sgitheanach, agus an Leòdhas. Bha móran airgid air a thogail anns an rioghachd air fad agus anns na dùthchanna thall a chum bochdan na Gàidhealtachd a chuideachadh, is bha e air a ràdh gu'n d'thug Sir Seumas Mathanach £40,000 as a phòca féin do mhuinntir Leòdhais ann am bliadhnanach na gorta; thug Diuc Chataibh £78,000 d'a mhuinntir féin, agus uachdaran eile a réir sin. Aig aon àm bha còig mìle teaghlach anns an eilean Sgitheanach a' faotainn min nam bochd, agus dlùth air a cheart àireamh air taobh an Iar siorramachd Rois. Bha bàrr-suime sluaigh air a' Ghàidhealtachd aig an àm, àireamh dhaoine nach b' urrainn am fearann a ghiùlan. Sin an t-aobhar gu'n d' fhàg uiread dhiubh tìr an dùthchais agus gu'n deachaidh iad do America.

Fad leth-cheud bliadhna bha celp a' pàigheadh gu maith do chroitearan agus do choitearan na Gàidhealtachd, oir bha stuth innte nach gabhadh, faotainn ach innte féin no ann am barilla Spainnteach; stuth nach b' urrainn luchd-deanamh an t-siapuinn deanamh as eugmhais. Cho fad 's a bha cis chruaidh air a chumail air a' bharilla —bho ochd gu deich notaichean an tunna—bha pris mhaith air a' chelp, ach cha do leig marsantan an t-siapuinn agus marsantan eile fois do'n Phàrlamaid gus an robh a' chis a bha air a' bharilla air a lughdachadh, agus mu dheireadh air a toirt dheth uile gu léir. An uair a thachair sin thuit pris na ceilpe, agus an ùine ghoirid cha

robh iarraidh idir oirre. Sin aobhar eile a chuir air falbh sluagh na Gàidhealtachd do Mhanitoba. Bha e air a ràdh gu robh leth-cheud mìle duine ag obair air cèlp anns a'

Ghàidhealtachd aig aon àm. An uair a stad a' chelp cha robh fodhpa sin ach am bàs no America; air a mbiosad is fheàrr America na 'm bàs.

Ann's a' Choille Bheithe

UAIR a bha mi ann an Cille-sgumain dh'innis boirionnach gaolach dhomh gu robh i air a nàrachadh agus a cridhe briste a chionn gu robh tè de na caileagan aice air fàs cho breugach 's nach b'urrainn i facal a thigheadh as a beul a chreidsinn. "Chan 'eil fhios agam air an t-saoghal," ars' ise, "ciod a tha ceàrr oirre, no co bhuaith a thug i e, oir chan 'eil e dhèth-chasach dhi air taobh seach taobh."

Bha a' mhàthair bhochd ann an droch shuidheachadh. "Cha mhór," ars' ise, "nach robh cho mhaith leam i bhli marbh; na'm biodh i a' deanamh bhreug le eagal gu'm biodh i air a cronachadh no air a peanasachadh, no air ghaol i fhéin a shaoradh, no na'm biodh aobhar air bith aice air son nan ròlaistean uamhasach a dh'innseas i, cha chuireadh e uiread iongantais orm, ach ni i suas naigheachd bhreugach gun aobhar air bith, agus ni i an naigheachd cho dealbhach 's gu'n tugadh i an car á Satan féin."

Dh'innis am boirionnach gaolach dhomh cuid de na breugan a rinn a' chaileag suas as a seasamh, is dh' fhaighnich i dhiom am b'urrainn mi combairle no solus air bith a thoirt dhi air a' chùis, no am b' aithne dhomh dòigh air an oile ud a thoirt aisde. "Air uairean," ars' ise, "tha eagal orm nach 'eil i ceart anns an imtinn."

B'e an aon chomhfhurtachd a b'urrainn dhomh a thoirt dhi, nach robh a' chaileag aice-se 'n a h-aonar anns a' chleachdadh ud; gu'm b' aithne dhomh clann eile aig an robh am fasan ceudna, agus gu'm b' aithne dhomh balach no dhà a bha làn ròlaistean 'n am balaich ach a tha nis cho firinneach ri daoine eile.

* * * * *

Tha an sgiolmachas so cumanta gu leòr am measg cloinne; tha e na's cumanta ann an caileagan na tha e ann am balaich, ach am bitheantas gheibh iad os a chionn an uair a thig iad gu làn fhàs. Ach air uairean leanaidh e riu gu bràth. B' aithne dhomh bean dotair a bha cho làn de'n t-seòrsa sgiolmach so 's gu'n abradh daoine gu robh meur de'n chuthach innte. Ach cha robh cuthach no cuthach. Bha i 'n a màthair mhaith, 'na bean-tighe sgoineil, 'n a boirionnach faireachail caomhail, ach 'n an rachadh tu an seanchas rithe leth-uair an uaireadair dh'innseadh i làn cumain de bhreugan dhuit; breugan gun aobhar, gun fheum. Là a bha ministear na sgìreachd a' tadhall oirre thòisich i air innseadh dha gu'n d' thàinig

Easbuig Lunnainn a h-uile ceum á Lunnainn a bhaisteadh an leimibh aca an uiridh, *agus fhios aig a' mhinistear gur e fhéin a bhaist e.* Ma bha gaoid 's an eanchuinn aice cha robh e ach ann an oisean beag; a mach o na ròlaistean ud bha i cho glic, sicir, ri mnathan eile.

Ann an cuid de chloinn tha mac-meanmain na h-imtinn anabarrach beò; sin an seòrsa cloinne a bhios a' deanamh ròlaistean. Chan 'eil buaidh ann an imtinn mhic an duine as fiachaile na mac-meanmain beò agus làidir; tha mac-meanmain do imtinn an duine an ni a tha sgiathan do'n iolair. Is ann air sgiathan a mbeanmain féin a bhios mac an duine a' ruighim air nithean nach faca a shùil agus nach cuala a chluas; a' dol a steach do rìoghachdan ùra air nach ruigeadh e gu bràth as eugmhais; rìoghachdan eòlais, agus faireachaidh, agus maise, air nach ruig na coisichean gu bràth. Ach tha mac-meanmain na h-imtinn coltach ris an teine; tha e 'n a sheirbhiseach maith ach 'n a dhroch mhaighstir. Air neo tha e coltach ri asail fhiadhaich, creutair a bhiodh e cumnartach dhuit a mharcach gun am bi i air a deanamh càllaidh an toiseach, agus am fulaing i srian is diollaid.

Ann an cuid de chloinn tha mac-meanmain na h-imtinn cho beò 's gu bheil na nithean a tha tachairt 'n an imtinn féin cho soilleir agus cho fìor dhaibh ris na nithean a tha tachairt anns an t-saoghal fhaicsinneach. Na dealbhan a chunnaic iad 'n an imtinn féin, agus an seanchas a rinn iad riu féin, saoidh iad gu'm faca agus gu'n cual iad na nithean sin an dà rìreadh, agus innsidh iad iad mar fhìrinn, gun rùn 'n an cridhe air daoine eile a mhealladh, no amharus gu bheil iad a' deanamh dad ceàrr. Cha mhò a tha so ceàrr an toiseach, ach faodaidh e fàs ceàrr mur bheil e air a theagasg do'n chloinn srian a chur air an asail fhiadhaich a tha anns an eanchainn aca.

Tha mi an dùil gur e an dòigh as fheàrr air sin a dheanamh an t-acras a tha ann an imtinn na cloinne sin a shàsachadh. Cha bhiodh feum air bith ann do phàrantan tòiseachadh air an t-slaic a mhaoidheadh orra no ghabhail daibh. Chan 'eil àrach aig a' chloinn gu bheil a' bheò-thalachd so anns an imtinn aca, no àrach nach urrainn iad eadar-dhealachadh a dheanamh gu cothromach eadar na nithean a chunnaic, no chuala, no dh' fhairich iad anns an t-saoghal a *muigh*, agus na nithean a chunnaic, no chuala, no dh' fhairich iad anns an t-saoghal a *stigh*.

Ach bhiodh e ceàrr do na pàrantan mur gabhadh iad suim agus mur toireadh iad do'n chloinn am biadh a tha na h-inntinnean aca ag ionndrainn.

Ciod e am biadh sin? Tha, sgeulachdan agus naidheachdan; naidheachdan agus sgeulachdan; agus gu leòr dhiùbh. Is coma co dhiu a tha na sgeulachdan sin mu shithichean, no mu fhamhairean, no mu shaighdearan, no mu chreutairean cho iongantach ris an uilebheist a tha ann an Loch Nis,—fosglaidh iad dorsan do'n phàisde gu dol a steach do'n rioghachd air a bheil e an tòir, rioghachd anns a bheil eileanan uaine agus cearcaill theine mu'n cuairt orra. craobhan a' fàs air na similearan, muca-mara a' leumartaich air an rathad-mhór, muca-tìre ag itealaich anns an adhar; rioghachd anns am faod rud air bith tachairt. Sin agad fìor shaoghal a' phàisde aig a bheil lasag bheag de mhac-meanmain 'n a inntinn, agus mur toirear dha cothrom air sgrìob a ghabhail do'n t-saoghal so an dràs 's a ris aig an àm cheart ni e rud as miosa; tòisichidh e air saoghal dha fhéin a chruthachadh agus tòisichidh a mhàthair air eagal a ghabhail nach 'eil urram aige do'n fhìrinn.

Ged is eòlach daoine air an fhacal nach urrainnear seann cheann a chur air guailleann òga, sin an rud a thatar daonnan a' feuchainn ris ann an ionnsachadh na cloinne, seana chinn a chur air pàisdean òga. Na'n robh mac agam-sa mi fhéin b' fheàrr leam fada cian na sgeulachdan beaga laghach aig Aesop a chur 'n a làimh aig deich no dusan bliadhna, no na sgeulachdan a chruinnich Iain Òg Ile anns a' Ghàidhealtachd, na'n leabhar puinnseanta sin a sgrìobh am bodach Greugach, Euclid. Tha meas mór aig seòrsa sònruichte dhaoine air Euclid, a chionn gu bheil iad an dùil gu bheil e a' teagasg do dhaoine òga “ an fhìrinn innseadh, an fhìrinn uile, agus gun dad ach an fhìrinn.”

Ann an seadh tha sin fìor, ach tha an saoghal anns a bheil Euclid a' gluasad cho beag an coimeas ris na saoghail eile a thug Dia do mhac an duine mar oighreachd 's nach fhiach e a bhì bruidhinn air. Tha e furasda gu leòr do Euclid a ràdh gu bheil so mar sud ma tha sud mar so, no gu'n dean còig agus ochd trì deug ma tha trì deug ann an ochd agus còig, no nach coinnich dà rud gu sìorruidh ma chumas iad air falbh o chéile gu sìorruidh, no gu bheil aon triangle cho mór ri triangle eile ma tha an aon mheudachd anna. Tha e furasda gu leòr do Euclid sin a ràdh, oir tha e a' gluasad ann an saoghal beag seasgar anns a bheil na h-uile nithe a' fantuinn mar bha iad o thoiseach a' chruthachaidh, saoghal anns a bheil òrdugh is riaghailt is socair nam marbh, ach na'n robh e air a chur do shaoghal anns am bi crodh a' leum thar na gealaich, no do shaoghal anns a bheil daoine cho neo-reusonta 's gu'm bi iad a' tapaid, no do

shaoghal anns nach 'eil bancair no marsanta no saighdear, ach bàird is fìdhlearan is ceàird, treubhan dhaoine leis nach motha triangle na bonn-a-sé, saoilidh mi nach biodh Euclid cho cinnteach as fhéin 's a tha e.

Ged chuir Euclid rud beag bhàrr mo chùrsa mi, bu mhaith leam a ràdh ri pàrantan aig a bheil clann a tha tòiseachadh air ròlaistean a dheanamh agus innseadh, nach 'eil leigheas as fheàrr orra na gu leòir a thoirt dhaibh ri leughadh de sgeulachdan—no do ròlaistean ma thogras iad—a tha na's fheàrr agus na's inntinniche na'n fheadhainn a tha iad fhéin a' deanamh; roinneag as a' chù a chuir fhiacaill anna, mar bhios daoine air am bi pathadh eile ag ràdh. Oir is e pathadh is acras a tha air a' chloinn; mac-meanmain nàdurra na h-inntinn aca ag iarraidh a bhì air a bheathachadh, agus mur toirear biadh ceart dha gheibh e mosaiche air chor-eigin. Na leabhraichean anns a bheil sgeulachdan do'n chloinn—tha na ceudan dhiùbh ri fhaotainn an diugh—, sgeulachdan Aesop, Turus a' Chriosduidh, gu sònruichte ma tha dealbhan ann, agus naigheachdan simplidh as a' Bhiobull,—sin an t-aran inntinneil agus spioradail a bu chòir do phàrantan a thoirt d'an cloinn. Ma bheir iad sin dhaibh, agus ma theagaisgeas iad dhaibh a bhì faicinn lorgan Dhe agus a' cluinntinn spiorad Dhe anns gach ni agus anns gach àite, agus ma dh' ionnsaicheas iad dhaibh le an eisimplair féin gur rud naomh is maiseach a tha anns an fhìrinn, teagaisgidh spiorad Dhe do'n chloinn an còrr.

Tha inntinn mhic an duine farsuing is domhain mar an cuan. Co aige tha fhios ciod an saoghal anns a bheil inntinn a' gluasad am feadh 's a tha chorp air an talamh? An diugh 's a' mhaduinn, agus mi air an rathad gu Blàr, bha leth-sheann duine air thoiseach orm air an rathad, a' togail a chas agus a làmh ann an dòigh a chuir ionghnadh orm. Car greis choisicheadh e cho réidh stòlda ri duine a chunnaic thu riamh, ach an ath mhionaid, mar gu'n rachadh spiorad beò air chor-eigin a steach ann, thòisicheadh e air a chasan a thogail gu nach mór nach robh a shàiltean a' beantuinn ri iomall a chòta, agus air bata a bha 'n a làimh a shiabadh agus a shàthadh troimh rud-eigin a bha e a' faicinn m'a choinneamh, mar gu'm biodh e a' marbhadh Ghearmailteach. Bha corp agus imeachd an duine air an rathad gu Blàr, ach bha inntinn ann an saoghal air chor-eigin eile.

An àm a' chogaidh, an uair a bha balaich a' leughadh mu na h-euchdan a bha saighdearan agus seòladairean a deanamh, chuir balach a bha tighinn dhachaidh as an sgoil mar fhiachaibh air fhéin le mac-meanmain na h-inntinn gur e *torpedo* a bha ann; cha luaithe a thàinig an smuain 'n a inntinn na chuir e a cheann fodha is ruith e cho luath ris a' ghaoith mar gu'm biodh e air a losgadh á soitheach-cogaidh

Breatunnach. Ach mar bha an tubaist 's an dàn bha trìuir chomann-dairean a' tighinn 'n a chòmh-dhail, Màidsear reamhar mòrchuiseach, agus dithis a b' òige agus a b' isle. Leum an fheadhainn òga as an rathad an uair a chunnaic iad an *torpedo* a' tighinn, ach fhuair am Màidsear ceann a' bhalaich ann an lochdar a' chuirp, agus sud a chasan os a chionn air druim an rathaid. Shaoil am balach gur e an *Derflinger* a bha e a' cur fodha. Tha e a nis deich bliadhna fichead agus 'n a dhuine cho fìrinneach 's a tha an

Albainn; air a stéidheachadh cho seasmhach air bunaithean na céille ri Euclid féin.

Na cuireadh e egal no dragh air pàrantan, ma ta, gu bheil balach no caileag aca a bhios ag innseadh dhaibh mu nithean gaisgeil is neònach a rinn iad, no mu nithean a chuala no chunnaic iad gun fhios do dhaoine eile. Chan e breugan a tha iad ag innseadh idir, ach an fhìrinn; thachair na nithean gun teagamh, ach co dhui a thachair iad anns a' choluinn no as a' choluinn, sin a' cheist.

Aig an Uinneig

Duine Mór

GED nach robh an t-Urramach Dòmhnall agus Frisgal nach maireann mór 'n a phearsa bha e mór ann an seadh eile; bha e mór ann an sealladh agus ann an gràdh a bhràithrean, agus mór ann an rioghachd Dhe. Agus ged nach robh aige de Ghàidhlig ach na leigeadh leis "oidheche mhaith" a ràdh. bha meas is gaol aige air na daoine a tha 'g a bruidhinn.

Am meas nan daoine a las lòchran an eòlais agus lòchran an t-soisgeil ann an Africa tha móran Albannach as am faod sinn a bhì uasal, ach tha trì Gàidheil gu sònruichte nach leigear air dichuimhne gu bràth, Daibhidh Mac-an-Léigh; Alasdair MacAoidh; agus Dòmhnall Frisgal.

Bidh iomradh cothromach air a dheanamh air an duine ghaolach so air na duilleagan Beurla, air chor agus nach ruigear a leas dad a ràdh uime an so ach a mhàin gu bheil a' Ghàidh-caltachd air fad a' caoidh nach cluinnear tuilleadh an guth ud a bha cho druith-teach an uair a bhiodh e a' feuchainn ris an eaglais a dhùsgadh gu cabhag a dheanamh ann an aobhar an t-soisgeil, agus nach fhaicear tuilleadh an t-aodann gaolach ud agus na sùilean blàth a choisneadh daoine do Dhia agus d'a sheirbhis na bu luaithe na choisneadh briathran is argumaid. Bha blàths anns na sùilean a chionn gu robh gràdh anns a' chridhe; bha aoibh air aodann Dhòmhnall Frisgal a chionn gu robh aoibhneas an Tighearna 'n a anam. Bha e maith r'a éisdeachd anns a' chubaid, is maith ann an coinneamh air bith anns an labhradh e, ach bha e aig àirde a chumhachd agus a dhiadhaidheachd an uair a rachadh e air a ghluinean còmhla ri ministear eile an uaigneas, an déidh dhaibh a bhì bruidhinn fad oidheche mu thimchioll nan nithean a tha an Spiorad Naomh a' deanamh anns an t-saoghal an diugh. Faodar a ràdh mu Dhòmhnall Frisgal mar thubhairt Lucas mu Bharnabas, gu robh e 'n a dhuine maith, làn de'n Spiorad naomh, agus de chreideamh.

Ministear Chàirinnis

Air a' mhìos a chaidh seachad rinn sinn iomradh air bàs Eòghain Mhic Gilliosa, a bha 'na mhinistear an Ècht; air a' mhìos so tha againn ri innseadh gu'n do chaochail a bhràthair, Calum Mac Gilliosa, a bha an Càirinnis, an Uidhist a Tuath, an sgìreachd anns an do rugadh e. Is maith an comharradh e air duine air bith gu'm biodh e air a thaghadh gu bhì 'n a mhinistear anns an àite anns an do thogadh e 'n a bhalach.

Bha Calum Mac Gilliosa 'n a mhinistear eudmhor agus dùrachdach anns a h-uile àite anns an do shaothraich e, an Alt-na-h-Eirbhe; an Sildeag; an Dun-bheagain; agus mu dheireadh an Càirinnis. Bha e 'n a shearmon-aiche maith agus 'na fhear-teagaisg soisgeulach.

An do rinn thu do thiomnadh?

Mur do rinn thu do thiomnadh cheana, a leughadair, bu chòir dhuit a dheanamh gun dàil. Tha móran dhaoine ann leis nach toil a bhì cuimhneachadh air a' bhàs, no a bhì bruidhinn air; ach chan 'eil ann ach rud leanabail do dhaoine air an do bhuilich Dia reusan a bhì tiomnadh an aire air falbh o'n bhàs, oir is e am bàs an aon nì a tha cinnteach anns an t-saoghal so. Tha gach nì eile ann am beatha mhic an duine neo-chinnteach, ach a mhàin gu'm faigh e bàs uair-eigin. Cha toir e am bàs aon mhionaid na's dluithe dhuit do thiomnadh a dheanamh, agus faodaidh e dorran agus dragh a shàbhaladh do dhaoine eile. Nach tric a tha e a' tachairt gu bheil daoine a' cur dàlach anns a' ghnothuch so gu a bheil e ro anmoch, agus an sin gu bheil iorghuill am measg an teaghlaich an déidh am bàs. Sin dileab nach bu mhaith le duine ceart air bith fhàgail aig a dhaimhich; bi glie, ma ta, agus dean do thiomnadh. Co dhui a tha fonn no fearann no airgid aig duine, seadh ged nach bitheadh aige ach aon spàinn-adhaire, bu chòir dha a thiomnadh a dheanamh.

October

Cuairt na Gealaich

A' cheud cheathramh, 25mh là
An solus làn, 3mh là

An ceathramh mu dheireadh, 11mh là
An solus ùr, 19mh là

“Oir b'ì àithne an rìgh mu'n timchioll gu'm biodh cuibhrionn draidh air an son,
a dh'ìghe fèin air gach là.”—NEHEMIAH, xi. 23.

- | | | | |
|-----------------|---|-----------------|--|
| 1. Di-dòmhnach | Air a' cheud là de'n t-seachd-
duin, agus na dorsan dù-
inte, thàinig Iosa agus
thubhairt e riu, Sìth
dhuibh.—Lucas xx. 19. | 17. Di-Màirt | Mar chraoibh suidhichte
làimh ri sruthaibh uisge,
agus nach caill a duil-
leach.—Salm i. 3. |
| 2. Di-Luain | Bha aoibhneas air na deis-
ciobuil an uair a chun-
naic iad an Tighearna.—
Lucas xx. 20. | 18. Di-ciadaoin | O bhonn Iesse bhris a mach
Am faillean gasda ùr. |
| 3. Di-Màirt | Biodh gairdeachas air
crìdhe na muinntir a dh'
iarras Iehobhah.—Salm
cv. 3. | 19. Di-ardaoin | Fìor-chrann uaine taghta
luachmhor
'S airidh e air cliù. |
| 4. Di-ciadaoin | Iadsan a dh' iarras mi gu
moch gheibh iad mi.—
Gnàth-fhocail viii. 17. | 20. Di-haoine | Iosa, neach a mharbh iad,
'g a chrochadh air crann.
—Gnìomharan x. 39. |
| 5. Di-ardaoin | Air maduinn, air feasgar,
agus aig meadhon-là ni
mi ùrnuigh.—Salm lv. 17. | 21. Di-Sathuirn | Mise, ma thogar suas o'n
talamh mi, tàirngidh mi
na h-uile dhaoine am
ionnsuidh.—Eoin xii. 32. |
| 6. Di-haoine | Tha mi am sheasamh an
còmhnuidh ann am ionad-
faire.—Isaiah xxi. 8. | 22. Di-dòmhnach | Gun eòlas a ghabhoil air ni
sam bith ach air Iosa
Criosd, agus esan air a
cheusadh.—1 Cor. ii. 2. |
| 7. Di-Sathuirn | Fhìr na faire, cìod mu'n
oidheche?—Isaiah xxi.11. | 23. Di-Luain | Mhill móran aodhairean
mo lios fiona.—Jeremiah
xii. 10. |
| 8. Di-dòmhnach | Am pobull a bha 'n an suidhe
an dorchadas chunnaic iad
solus mór.—Mata iv. 16. | 24. Di-Màirt | Far nach 'eil taisbeanadh
théid an slugh a dhìth.
—Gnath-fhocail xxix. 18. |
| 9. Di-Luain | Reul na maidne! Grian na
fireantachd! Solus an
t-saoghail! | 25. Di-ciadaoin | Cionnus a ni iad searmoin
mur cuirear iad?—Rom.
x. 15. |
| 10. Di-Màirt | An ti a tha ag imeachd 's
an dorchadas chan aithne
dha c'àite a bheil e dol.—
Eoin xii. 35. | 26. Di-ardaoin | Guidhibh air Tighearna an
fhogharaidh luchd-oibre
a chur a mach.—Mata
ix. 38. |
| 11. Di-ciadaoin | Soillsichidh an Tighearna
mo dhorchadas.—2 Sam.
xxii. 29. | 27. Di-haoine | Tha an oidheche a' teachd
anns nach urrainn neach
obair a dheanamh.—Eoin
ix. 4. |
| 12. Di-ardaoin | Na leig dhomh dol air
seachran o t' àitheantan.
—Salm cxix. 10. | 28. Di-Sathuirn | Cha do ghlac iad ni air bith
an oidheche sin.—Eoin
xxi. 3. |
| 13. Di-haoine | Tha reachdan an Tighearna
ceart.—Salm xix. 8. | 29. Di-dòmhnach | An nair a bha a' mhaduinn
air teachd, sheas Iosa air
an tràigh.—Eoin xxi. 4. |
| 14. Di-Sathuirn | 'Nan coimhead tha mór
dhuais.—Salm xix. 11. | 30. Di-Luain | Air an là sin chuireadh riu
trì mìle anam.—Gnìo-
mharan ii. 41. |
| 15. Di-dòmhnach | Nochdaibh sibh fèin an
fianuis an Tighearna.—
1 Sam. x. 19. | 31. Di-Màirt | Rinn an Tighearna nithe
móra air ar son.—Salm
cxxxvi. 3. |
| 16. Di-Luain | Bithidh an anam mar ghà-
radh air uisgeachadh.—
Jeremiah xxxi. 12. | | |



Annas a' Chùbaid

"An uair a shiùbhlas tu troimh na h-uisgeachan, bidh mise maille riut, agus troimh na h-aibhnichean, cha tig iad tharad; an uair a dh' imicheas thu troimh an teine, cha loisgear thu."—ISAIAH xliiii. 2.

LABHAIR am fàidh na briathran so chum misneach a thoirt do shluagh Israeil an uair a bha iad am braighdeanas am Babilon. Bha freasdal Dhe a' gluasad ann an dòighean dìomhair, is thòisich iad air a ràdh ann an dìobhail misnich, "Tha mo shlighe foluichte o'n Tighearna; tha mo chòir air a leigeil air dearmad le mo Dhia." Air gach taobh bha iad a' faicinn cumhachd Bhabiloìn, agus gach là bha iad a' faireachduinn làmh an fhìr-shàruchaidh gus mu dheireadh an do laigh dubh-bhròn air an cridhe agus an d' fhàs an dòchas fann gu'n saoradh Dia iad as an tìr choimhich ud.

B'e sin an suidheachadh bochd anns an robh iad an uair a thàinig faical is gealladh an Tighearna thuca troimh bhilean an fhàidh.

*Ùr-mhìneach glacaidh, 'naoimh gun trèòir
Na nedil is dùrch' tha làn
De thròcair chaoimh is dòirtear leò
Oirbh maitheas mòr gum dàil.*

Tha e ag innseadh dhaibh gu bheil an t-àm dlùth anns am faigh iad saorsa o chuing an luchd-saruchaidh do bhrìgh gu'n do thionndaidh an Tighearna a chorruich air falbh uapa. Bha am fàidh cinnteach gu'm b'e ceannairc a luchd-dìthecha an aghaidh lagh an Tighearna a bu mhàthair-aobhair do na trioblaidean agus na truaighean a thàinig orra, ach bha e cinnteach cuideachd gu robh làithean an smachdachaidh an impis a bhi thairis, agus gu robh deàlradh gnùise Dhe a' dol a dh' éirigh orra; "an uair a shiùbhlas tu troimh na h-uisgeachan, bidh mise maille riut; agus troimh na h-aibhnichean, cha tig iad tharad; an uair a dh' imicheas thu troimh an teine, cha loisgear thu, agus cha dean an lasair greim ort."

Anns an t-seann Tiomnadh tha teine agus uisge air an gabhail mar shamhlaidhean air gabhaidhean, agus cunnartan, agus trioblaidean na beatha so. Ann an aon àite tha an salmair ag ràdh, "chaidh do stuaidhean agus do thonn-an tharam"; an àite eile tha e ag ràdh "chaidh sinn troimh theine agus troimh uisge," agus is e bha e a' ciallachadh leis an dòigh-bruidhne sin, na h-amhgharan agus na deuchainnean a dh' fhiosraich e féin agus daoine eile air an turus.

Faodar, ma ta, an teine agus an t-uisge air a bheil am fàidh a' labhairt a ghabhail anns an t-seadh as farsuinge, agus an gealladh so a ghabhail, chan ann mar ghealladh do chloinn Israeil a mhàin, ach do shluagh an Tighearna

anns gach linn, gu'm bi Dia maille riu anns gach teinn. *Thig Dia 's an airc 's chan airc an uair a thig.*

Neo-shuim nan speur

Chan 'eil am Biobull a' teagasg gu'n seachain duileadas agus trioblaidean an t-saoghail so daoine diadhaidh na's mò na sheachnas iad daoine eile. *An tì as ionnmuinn leis an Tighearna smachdaichidh e e; gearraidh agus glanaidh e a' gheug a tha giùlan toraidh chum gu'n giùlain i tuilleadh toraidh.* Glé thrìc bhiodh aithrichean agus diadhairean Israeil a' gearan gu robh am fìrean a' faotainn tuilleadh 's a roinn fhéin de thrioblaidean na beatha so; bha e 'na chnap-starra dhaibh a bhi faicinn nan aingidh sona agus soirbheachail, gun bhrieadh air an cuid no air an teaghlach, am feadh 's a bha na tuiltean a dol thairis air daoine a b' fheàrr na iad. Theab am fear a sgrìobh Salm LXXIII a chreideamh a chall le farmad a bhi aige ri cor nan aingidh; bha e an dùil gu robh Dia na bu choibhneile riu na bha e ris an fheadhainn a bha glan 'n an cridhe. *Fhuair na h-aingidh tuilleadh is miann an cridhe; chan 'eil iad ann an anshocair mar dhaoine eile; mar dhaoine eile chan 'eil iad air an sàruchadh.*

Tha laghannan an Tighearna anns an t-saoghal nàdurra seasmach agus gun atharrachadh o linn gu linn; chan 'eil claon-bhàigh aca ri neach seach a cheile. Tha an t-uisge a' tuiteam air an aingidh cho mhaith ris an fhìrean; is coma leis a' ghréin no leis na reultan co dhiubh a tha iad a' deàrrsadh air naoimh no air meirlich; deàrrsaidh iad cho soilleir aobhneach air dachaidhean anns a bheil cridheachan briste 's a dheàrrsas iad air tighean anns a bheil aighear is sunnd. Chan 'eil An Domhan a' gabhail suim air bith do inntinn no do shuidheachadh mhic an duine; is beag aig Orion no aig a' Ghrioglachan co dhiu a tha na daoine d'a bheil iad a' toirt soluis maith no dona, no co dhiubh a tha iad a' dol a mach air thurasan an Tighearna no air thurasan Shàtain. Anns an t-seadh so, mata, tachraidh do'n fhìrean mar a thachras do'n aingidh; do'n duine ghlic mar a thachras do'n amadan; is co-ionnan dhaibh am fianuis nan speur.

Acair an Anna

Ach ged nach saor Dia a shluagh o thrioblaidean no o dheuchainnean air a bheil na

h-uile 'n an oighreachan tha e a' gealltainn gu'm bi e maille riu 'n an àmhgharan air chor 's nach éirich olc dhaibh. 'N an uile àmhghar bha esan fo àmhghar agus rinn aingeal a làthaireachd an teàrnadh. Sin an dòigh anns a bheil Dia a' cuideachadh agus a' saoradh a shluaigh; tha e a' toirt dhaibh fiosrachadh air a làthaireachd féin, agus ni làthaireachd agus co-chomunn an Tighearna uallach air bith na's aotruime. *Ann an lionmhorarchd no smuaintean an taobh a stigh dhìom tha do chomhfhurtachd-san a' toirt sòlas do m'anam.*

An uair a bha anam Iosa fo thrioblaid agus e a' dol suas gu Calbhari a shaltairt an amarfhiona 'n a aonar, agus gun neach eile maille ris, thubhairt e ris na deiseiobuil, "Tha an uair air teachd anns am fàg sibh mise am aonar, gidheadh chan 'eil mi am aonar, oir feuch, tha an t-Athair maille rium." B'e am fiosrachadh a bha aige air làthaireachd agus companas an Athar an tobar as an do tharruing e a neart, an uair a chaidh e troimh theine agus troimh uisge an Getsemane agus air Calbhari.

Is e làthaireachd Dhe acair an anama an uair a bhios ar fuil agus ar feòil a' fàilneachadh. Is ann uaith-san a gheibh sinn faighidinn gu bhi sàmhach agus iriosal an uair a theid tonnan a fhreasdail thairis oirn. *Iadsan a dh' fheitheas air an Tighearna, ath-nuadhachidh iad an neart.*

Ged nach tric a dh' innseas Sàtan an fhìrinn dh' amais e oirre an uair a thubhairt e ri Dia, "Nach do chuir thu gàrradh mu'n cuairt air Iob?" Sin a' cheart rud a rinn Dia; chuir e gàrradh mu'n cuairt air Iob, is tha e a' cur gàrraidh mu'n cuairt air a shluagh daonnan.

Ceart mar a tha na beanntan mór
Timchioll Ierusalem,
Mar sin tha Dia a nis 's gu sìor
Timchioll a phobuill féin.

Fianuis nan Naomh

Chan ann aon uair ach mìle uair a tha an fhìrinn so air a cur sìos 'n a Fhacal naomh; ma chailleas a shluagh am misneach chan ann a chionn nach 'eil geallaidhean gu leòir anns a' Bhiobull ris an faodadh iad an taic a leigeil. O mhìle agus o dheich mìle beul ann an co-chomunn nan naomh air nèamh agus air thalamh tha an fhianuis so a' teachd, *An uair a chaidh sin troimh na h-uisgeachan bha esan maille rinn agus rinn aingeal a làthaireachd ar saoradh.*

Air uairean chan 'eil e furasda dhuinne a thuigsinn ciamar is urrainn do ghràdh an Tighearna a bhì air chùl freasdal no fiosrachadh searbh, ach is e ar gliocas a bhì sàmhach agus faighidinneach a chionn gur esan Dia. Nach dean breitheamh na talmhainn uile an ni a tha ceart? Oibrichidh faighidinn dearbhadh, agus dearbhadh dòchas, dòchas làidir ann an Dia.

Eadar am breith agus am bàs tachraidh trioblaidean agus deuchainnean air a' mhòrchuideachd de dhaoine a bhriseadh an cridhe agus a dh' fhàgadh iad gu breòite truagh, mur b' e gu bheil Lìghiche caomhail dlùth dhaibh a tha ag oibreachadh anna gun sgur le feartan diomhair a ghràis. Ann an dòighean iongantach nach léir dhaibh aig an àm tha an Tighearna ag urachadh an càil agus am misneach, agus a' cur òran nuadh 'n am beul, ged shaoil iad aon uair nach cuireadh iad dhiùbh an sac-eudach agus an luathre gu bràth tuilleadh. Car son, ma ta, a tha thu air do thilgeadh sìos, O m' anam? Earb thusa á Dia, agus tabhair suas do shlighe do Dhia, oir is esan slàinte do ghnùise

Earbaibh à Dia, sìor earbaibh as;
Gach eagal fògraibh uaibh;
Aig Dia tha cinnhachd chum 'ur dìon,
Feadh linn nan linn gu buan.

Annas a' Chathair

AN uair a thòisicheas duine air smuaineachadh amu bhith agus mu nàdur an Dé neo-fhaicsinich tha e a' breithneachadh air cuspair a tha na's farsuinge agus na's dòimhne na'n cuan; an cuspair as òirdheire air an urrainn inntinn mhic an duine socruchadh; cuspair air am miann leis na h-ainglean féin beachdachadh.

O! cìod e Dia, no cìod e ainm?
Cha tuig na h-aingle 's àird' an glòir;
E'n solus dealrach folaich' uath,
Far nach ruig sùil no smuain 'n a chòir.

Cha robh e òg is sean cha bhì;
O shìor gu sìor gun chaoclachd staid;
Cha tomhais grian no gealach aois,
Oir 's nithe caochlach iad air fad.

Cò chuairticheas do bhith, a Dhe?
An dòimhne shluig gach reusan suas;
'Nan oidhirpibh tha aingle 's daoin'
Mar shligean maoraich glacadh chuain.

Le 'r tuigse thana 's dìomhain duinn
Bhì sgrùdadh chuain ata gun chrìoch;
An litir 's lugha dh' ainm ar Dé
Is tuille 's luchd d' ar reusan i.

Bha na ceart smuaintean so a bha ann an inntinn Dhùghaill Bochanan, ann an cridhe Shophair an Naamatach, an uair a thuir e ri Iob, An urrainn thusa le rannsachadh Dia fhaotainn a mach? an urrainn thu an t-Uile-chumhachdach fhaotainn a mach gu h-iomlan? Chan urrainn duinn Dia fhaotainn a mach gu h-iomlan, oir is Spiorad Dia a tha neo-chrìochnach agus neo-chrìthaichte, agus 'nuair a thòisicheas inntinn mhic an duine air feuchainn ri greimeachadh air ni a tha neo-chrìochnach agus neo-chrìthaichte tha i dìreach mar gu'm biodh slige maoraich a' feuchainn ris a' Chuan Shiar a ghlacadh.

Ach chan 'eil so a' ciallachadh nach faodar eòlas fhaotainn air Dia, no nach faodar dad idir a ràdh uime, a chionn nach urrainnear a rannsachadh no a thuigsinn gu h-ìomlan. Faodaidh ar n-eòlas air Dia a bhì fìor ged nach 'eil e ìomlan, agus ged dh' fhaodas e bhì leanabail ann an suilean nan daoine ealanta a their riut nach 'eil dòigh eile ann anns am faighear eòlas air Dia ach le *solus agus rannsachadh na h-inntinn*.

Sin agad, a leughadair, rud nach 'eil fìor. Tha solus agus rannsachadh na h-inntinn maith agus ro-mhaith 'n an àite féin, is tha àite aca anns a' chreideamh agus ann am beatha na diadhaidheachd mar tha e aca ann an speuradaireachd agus ann an ealadhain nàdurra, ach chan 'eil an t-àite-toisich a, is cha tug, agus cha toir gu bràth, solus is rannsachadh na h-inntinn *leò féin* duine gu eòlas slàinteil air Dia.

Gliocas nan Greugach

Is e solus agus rannsachadh na h-inntinn an rud ris an abradh na Greugaich *gliocas*; tre ghliocas dh' fheuch iad ri eòlas fhaotainn air Dia, ach is e bu deireadh do'n ghliocas sin gu'n d' fhàs iad dìomhain 'n an reusonachadh féin, agus gu'n do dhorchaidheadh an cridhe amaideach. "Chaochail iad glòir an De neothruaillidh gu dealbh a rinneadh cosmhuil ri duine truaillidh . . . agus rinn iad aoradh is seirbhis do'n chreutair na's mò na do'n Chruithear." Mar sin, an uair nach b' aithne do'n t-saoghal, tre sholus agus tre rannsachadh na h-inntinn, Dia, thoilich Dia e féin fhoillseachadh, *agus eòlas a thoirt do'n t-saoghal tre Fhacal*. Thàinig am facal sin gu daoine air iomadh dòigh, agus aig iomadh àm, agus an iomadh guth, ach ciamar air bith a thàinig e, is ann anns an fhoillseachadh sin a gheibhear an t-eòlas fìor agus an t-eòlas ceart air Dia, an t-eòlas a tha sàsachadh na h-ionndrainn air an Dia bheò a tha ann an cridhe mhic an duine gu nàdurra.

Ged tha Dia do-rannsachta agus do-thoimhste chan 'eil e do-aithnichte; na'm bitheadh, cha blithheadh a leithid de ni air an talamh idir agus creideamh no cràbhadh, oir is e creideamh agus cràbhadh an fhreagairt a tha an cinneadh-daonna a' toirt do'n eòlas air féin a thug Dia dhaibh, co dhìu a tha an t-eòlas sin mòr no beag, no co dhìu a tha am foillseachadh soilleir no fann. Na'm biodh Dia neo-aithnichte chan abradh Crìosd, "An ti a chunnaic mise chunnaic e an t-Athair."

Tha e comasach do mhac an duine eòlas a bhì aige air Dia, agus nàdur is rùintean Dhe a thuigsinn ann an tomhas, a chionn gu bheil na ceart bhùadhan ann an Dia as aithne dha ann fein, agus leis an urrainn dha eòlas a chur air a cho-chreutairean. Ged is spiorad neo-chrioch-

nach agus neo-chruthaichte Dia, agus ged nach cuairtich inntinn bheag an duine an ni a tha neo-chriochnach agus neo-chruthaichte, gidheadh mar an ceudna, is spiorad Dia anns a bheil faireachadh, is tuigse, is toil, is gràdh, is naombachd; na buadhan leis a bheil aon spiorad beò a' labhairt ri spiorad beò eile.

Tha iomadh dorus is uinneag ann am mac an duine troimh am bheil an solus o Dhia a' dol a steach ann, ach de na dorsan agus na h-uinneagan sin theagamh gur e dorus na tuigse agus na h-inntinn an dorus as lugha a tha de'n t-solus o shuas a' dol a steach air. Ann am fichead dòigh, a thuilleadh air rannsachadh na h-inntinn, tha Dia a' labhairt ri daoine; tha e a' labhairt riu 'n an coguis agus 'n am faireachduinn; an duine nach fhaca Dia agus nach cual a ghuth an uair a bha e 'ga iarraidh le rannsachadh piantail na h-inntinn, theagamh gu'n tachair Dia air *ann an dol fodha na grèine*, agus gun e 'ga iarraidh idir.

An t-eòlas ceart air Dia

Cha bu mhaith leam a ràdh gu robh uiread eòlais aig Maois no aig Iob air an t-saoghal nàdurra, no air dòighean dìomhair Dhe ann an obair a' chruthachaidh 's a bha aig Sir Isaac Newton no tha aig Sir Seumas Jeans; agus ged theirinn e cha bhiodh e fìor. Cha bu mhaith leam a ràdh gu robh Iob neo-mhearachdach a thaobh a bheachdan mu speuradaireachd no mu chùrsa an t-saoghail nàdurra, ach is rud eile e 'n uair a dh' iarras speuradairean agus luchd-ealadhain orm a chreidsinn gu bheil iad féin no mise na's fhaide air ar n-aghaidh a thaobh eòlas Dhe na bha Iob, a chionn gu'n téid againn air bruidhinn mu nàdur agus mu bhith Dhe ann an cainnt nach b' aithne dha-san agus nach tuigeadh e. Chan 'eil ann am briathran ach briathran fhéin; ach saoilidh cuid de dhaoine, an uair a théid aca air facail mhóra uisneachadh—*Ultimate* agus *Reality* agus *Electron* agus *Etheric*—gu bheil iad a' tuigsinn nan nithean air a bheil iad a' toirt nan ainmean sin, agus gu bheil iad fada fada na's glice agus na's dlùithe do'n fhìrinn na na ginealan a bha romhpa. Ach theagamh nach 'eil aon òirleach.

An uair a thàinig léir-sgrìos air tigh agus air teaghlach Iob agus a bha freasdal an Tighearna searbh 'n a bheatha "thuit e sìos air an talamh, agus rinn e aoradh agus thubhairt e, "Lomnochd thàinig mi á broinn mo mhàthar, agus lomnochd pillidh mi an sin: thug an Tighearna uaith agus thug an Tighearna leis: beannaichte gu robh ainm an Tighearna?"

Cò a ghabhadh air féin a ràdh gu bheil eòlas aige air Dia nach robh aig an duine a labhair na briathran so ann an là a dheuchaim? Sin agad an t-eòlas as fhiach *eòlas* a ràdh ris; agus gheibhear an t-eòlas sin anns a' Bhiobull

mar nach fhaighear e ann an leabhar eile fo'n ghréin, agus mar nach fhaighear e o fheallsanaich no o luchd-cadalhadh, ged théid aca air briathran a chleachdadh mu Dhia nach tuigeadh Iob. *Ach chan 'eil ann am briathran ach briathran fhéin.* Thubhairt an duine naomh agus an duine glic, Tomas a Kempis, "Cìod an tairbhe a bhiodh ann dhuit, ged rachadh agad air

deasbud a dheanamh mu'n Trianaid, ma tha thu a dh' easbhuidh irioslachd, agus mar sin neo-thaitneachd do'n Trianaid. Cha dean briathran domhain naomh no ceart thu, ach ni beatha naomh duine taitneach do Dhia." "Naomhachd," ars' an t-abstol, "ni as eugmhais nach faic neach air bith an Tighearna," anns an t-saoghal so no anns an t-saoghal eile.

Anns a' Choille Bheithe

AIG an àm so de'n bhliadhna tha tuiteam an Aduillich a' cur 'n ar cuimhne gu bheil sinn a' fàs sean; theagamh gu'n cuir teachd November an cuimhne cuid de luchd-leughaidh nan duilleagan so gu bheil iad féin ann an November am beatha. Cha toigh leis a' mhór-chuideachd de dhaoine a bhì fàs sean, agus idir idir cha toigh leò a bhì smuaineachadh air a' bhàs, ach cìod air bith eile a dh' fhaodas sinn a sheachnadh chan urrainn sinn an aois no am bàs a sheachnadh. Mar sin cha bhiodh ann ach faoinas is amaideas dhuinn ar n-aire a thionndadh air falbh o nithean a tha feitheamh oirnn cho cinnteach ri aois is bàs.

Tha iomadh rud anns an t-saoghal as miosa na bhì a' fàs sean; tha iomadh rud ann as miosa na eadhon am bàs. Rinn Dia gach ni maiseach 'na àm féin; 'n an tràth féin tha an aois agus am bàs cho ion-mbiannaichte ri subhachas na h-òige.

Cluinnear e air a ràdh gu tric gur e làithean ar n-òige àm as sona d' ar beatha. Ach chan 'eil mise a' dol leis a sin uile gu léir, oir cha b'ann mar sin a thachair dhomh. Abradh a h-uile duine mar a dh' fhiosraich e féin. Chan 'eil teagamh nach 'eil sòlasan gun àireamh an cois na h-òige, na sòlasan sin a gheibhear o fhuil theth, o chuise làidir, agus o chridhe mear; ach an cois na h-òige thaagal is diùde anns a bheil scarbhadas spioraid nach aithne do dhaoine a thàinig gu aois. Tha e mòran na's fhasa clann agus daoine òga a ghoirteachadh na daoine a ràinig dà fhichead bliadhna; cuiridh aon fhacal cas no magail a labhradh riu, no aon rud tuathal a rinn iad,—cuiridh e sìos iad do dhòimhneachdan truaighe agus dubh-bhròin nach gabh creidsinn.

Ach is e an fhèrrinn nach 'eil e furasda aon àm d' ar beatha a choimeas ri àm eile a thaobh sonais; tha gach tràth sona no neo-shona 'n a dhóigh féin, agus mar is trice is e na daoine a bha sona 'n an òige a bhios sona 'n an seann aois cuideachd, mur tig ni-eigin 'n an caraibh a dh' àtharraicheas cursa an beatha gu tur. Mur bheil inntinn thoilichte aig duine gu nàdurra cha dean earras an domhain gu léir sona e.

An lion-eudach maiseach

Fada m' an ruig iad November an làithean tha mòran dhaoine a' cur orra currachd a'

chiùchrain agus a' deanamh suas an inntinn nach 'eil romhpa tuilleadh ach osnaich is cianalas. Tha iad an dùil gu'm feum iad nithean anns a bheil iad a' gabhail tlachd a leigeil bhuapa, agus gu sònruichte companas dhaoine òga, agus ùgh is pàirt ann an obair an t-saoghail; is saoilidh iad nach fhiach dhaibh fuireach anns an t-saoghal ma chailleas iad sin. Ach cha ruig iad a leas eagal a bhì orra roimh na bòcain sin, oir tha feartan diomhair an Tighearna ag oibreachadh air a leithid de dhòigh 's gu bheil inntinnean is cridheachan dhaoine air an ullachadh air son gach ceum d' am beatha, air chor agus gu'n leig iad bhuapa gu toileach aig trì fichead na nithean nach deanadh iad as an eugmhais aig deich bliadhna fichead, a chionn gu robh iad dhaibh mar anail am beatha.

Tha iomadh calldachd, is neo-chomas, is eucail, a' leantuinn na h-aoise gun teagamh, ach air a shon sin tha iomadh sochair agus sòlas 'ga leantuinn cuideachd, is glé thric tha daoine a' faotainn barrachd sonais, agus saorsa, agus foisdinneas, ann an deireadh an làithean, na tha iad a' faotainn aig àm eile d' am beatha.

Ach cha bhì ar làithean deireannach sona, no foisdinneach, no urramach, mur bheil sinn a' fàs ann an gliocas, no mur bheil an ceann liath air a chrùnadh le ionracas agus le ciùine agus le faighidinn. Ma gheibhear an ceann liath ann an slighe na gòraiche, no ann an sligheanna peacach, no ann an cathair luchd-fanoid, tha e 'n a choron nàire an àite a bhì 'n a choron glòire. Mar is dlùithe a tha seann daoine a' tarraing ris an t-siorruidheachd is ann as mò a mhiannaicheamaid gu'm biodh iad air an sgeadachadh le lion-eudach grinn, an lion-eudach ris an abair facal an Tighearna, *freantachd nan naomh.*

Bheil e togail-cridhe do dhuine air bith aig a bheil spiorad ceart an taobh a stigh dheth seann duine fhaicinn air a bheil aogasg an ionracais agus na diadhaidheachd, ach tha e 'n a aobharmulaid seann daoine fhaicinn a' fàs na's amaidiche agus na's aingidhe mar is dlùithe tha iad a' tarraing ris an uigh.

Ònrachdas na h-aoise

A réir m' fhiosrachaidh féin theirinn gur e an rud as miosa a tha anns an aois, a *h-ònrachdas.* Tha seann daoine glé thric air am fàgail leò féin; anns a h-uile sgìreachd anns an dùthaich gheibh-

ear móran de sheann daoine agus de sheana bhoirionnaich a' fuireach leò fhéin. Tha pàrantan a thog làn an tigh de theaghlach air am fàgail cho ònrachdach ann an deireadh an làithean 's ged nach biodh teaghlach idir aca. Sgaoilidh a' chlann air feadh an t-saoghail, air neo pòsaidh iad, is tha an t-seana mhàthair air a' fàgail leatha féin mar gu'm biodh druid air craobh.

A thuilleadh air sin tha companaich ar n-òige a sior dhòl as an t-sealladh. An uair a ruigeas duine trì fichead bliadhna a dh'aois tha a' mhòr-chuideachd de'n fheadhainn a rugadh anns an aon bhliadhna ris cheana anns an uaigh; an uair a ruigeas e trì fichead 's a deich cha bhí ach fìor beagan de chompanaich òige air am fàgail, agus ma shìnear a làithean gu ceithir fichead bidh e theagamh 'n a ònrachd uile gu léir, mar gu'm faiceadh tu seana chraobh a chaill a geugan 's a duilleach.

Tha e duilich do'n òigrìdh a thuigsinn cho ònrachdach 's a dh' fhaodas seann duine a bhith ann an tigh a mhic no a nighinn féin, ged dh' fhaodas an tigh a bhì làn aigheir is sunnd, agus còignear no seisear de chloinn a bhì cluich m'a chasan. Ged tha e a' cluinntinn guth a mhic no a nighinn le chluais, agus a' beanntuinn ri làmhnan nan oghachan, fad na h-ùine tha ionndrainn eile 'n a chridhe, agus le cluas agus le sùil na cuimhne tha e a' cluinntinn ghuthan agus a' faicinn làmhnan nach aithne dhaibh-san, a chionn nach buin iad do shaoghal nam beò.

An uair a tha màthair no athair air am fàgail leò féin 'n an seann aois, agus an teaghlach uile air pòsadh, tha e glé bhitheanta a' tachairt gu'm bu mhaith leis an teaghlach gu'n rachadh an t-aon dhiubh a tha air fhàgail a dh' fhuireach còmhla ri aon dhiubh féin. Air uairean cha ghabh so seachnadh, is theagamh nach 'eil dòigh eile ann as fheàrr, ach is e an ceum mu dheireadh a tha ann do sheann duine no do sheana bhoirionnach an tigh féin fhàgail agus dol a dh' fhuireach còmhla ri mac no ri nighean phòsda, air cho caomhail gaolach 's 'g am faod iad a bhith. Is farsuing a sgaoileas an dreathan a chasan 'na thigh féin, ach is diùid fear na heisimail. Tha saorsa aig duine an taice a' ghealbhainn féin nach 'eil aige an àite eile air thalamh, agus is e an gliocas do sheann daoine, ma ghabhas e deanamh, fantuinn 'n an tigh féin, agus gun dol an eisimail an aoin as docha leò d' an cloinn.

Na bliadhnachan mu dheireadh

B'abhaist do'n Ollamh mhór mhór, an t-Urramach Tomas Chalmers, a bhì ag ràdh gu'm bu mhaith leis, na'n ruigeadh e trì fichead 's a deich, na deich bliadhna mu dheireadh d'a bheatha a bhì mar Shàbaid, sàmhach is foisneachail an déidh dha teas agus uallach nam bliadhnachan eile a ghiùlan. Bha cuimhne aige

air an fhois bheannaichte a fhuair a mhàthair 'na seann aois, oir bha e air a ràdh uimpe-se gu robh i ann an deireadh a làithean mar gu'm biodh i 'na suidhe aig geata nèimh a h-uile latha, a' faotainn roimh-bhblas de'n aoibhneas a tha feitheamh air sluagh an Tighearna. Cha d' fhuair Tomas Chalmers a dhùrachd; chaochail e gu maith aithghearr 'na sheachd is trì fichead bliadhna, is bha na deich bliadhna mu dheireadh d'a bheatha sgitheil d'a fheòil is buaireasach d'a spiorad le ùpraid agus an-shith an Dealachaidh.

Na'n gabhadh e deanamh bu mhaith do'n h-uile duine beagan de làithean foisneachail fhaotainn aig crìoch a thuruis air thalamh, gu bhì faotainn còlas ceart air a chridhe agus a smuaintean féin, an déidh dha obair agus driop an t-saoghail a leigeil bhuaith. A réir Laghanna Mhanu, an uair a tha ceann duine liath agus a rugadh oghachan dha, tha e mar fhiachaibh air, ma's duine e a tha sireadh gliocais, a dhachaidh agus a dhaimhich fhàgail agus e féin fholach anns a' choille, gus an còrr d'a làithean a chur seachad a' beachd-smuaineachadh air bith agus air nàdur a' Chruitheir agus air rùintean diomhair a' chruthachaidh. Sin aon dòigh anns am faodadh Eaglais na h-Alba feum a dheanamh de mhinistearan aosda no anfhann a leig dhiubh obair sgìreachd, is bhithinn-sa toileach gu leòr a' Choille Bheithe so a thoirt do'n eaglais gun mhàl air son aoibhach cho freagarrach agus cho feumail. Ach tha gleachd na h-inntinn ri diomhairachd a' chruthachaidh 'na shaothair agus 'na chuing cho trom 's gu bheil amharus agam gu'm feumteadh teud-iaruinn riobach a chur timchioll oirre 'g an cumail a stigh.

Theagamh nach 'eil iarraidh air bith aig a' mhòr-chuideachd de dhaoine air an t-Sàbaid a bu mhaith le Tomas Chalmers fhaotainn ann an deireadh a làithean, ach ged bhitheadh, chan 'eil e daonnan comasach dhaibh obair an t-saoghail a leigeil dhiubh agus fois a ghabhail 'n an seann aois, oir tha uallach teaghlach is uallach dhaoine eile air an guailleann, is feumaidh iad cumail orra ag obair gus an tuit iad as an seasamh. Agus ged nach feumadh idir, sin a' chrìoch a bu mhaith le móran dhaibh féin, gu'n tigeadh am bàs orra agus an car 'n an làmh. Ach ma tha freasdal Dhe a' ceadachadh do dhuine bliadhnachan réidh is foisneachail fhaotainn ann an deireadh a làithean tha mi an dùil gu'm bu chòir dha an cothrom sin a ghabhail mar aon de sheagh thìodhlacan Dhe. Tha e iomchuidh do sheann daoine an làmhnan agus an cridheachan fhuasgladh o ùpraid an t-saoghail, agus an cridheachan a bhì far a bheil an ionmhas.

*Gur mìthich fàs diadhaidh
'S do chibhan air glasadh.*

Solus an Fheasgair

Na'n cuireadh daoine seachad am beatha ann an ùmhlachd agus ann an ìrioslachd na diadh-

aidheachd bhiodh an làithean uile sona ; bhiodh an slighe mar an solus dealrach, a dhealraicheas na's mò agus na's mò gu ruig an là iomlan. Is sona a' mhuintir a tha mar sin ; is sona na daoine a tha fàs ann an gràs, agus ann an gliocas, agus ann an eòlas an Tighearna, mar tha iad a' fàs ann am bliadhnanachan. Tha aon ghloir aig a' mhaduinn agus gloir eile aig an fheasgar, oir tha eadar-dhealachadh eadar solus na maidne agus solus an fheasgair ; tha solus an fheasgair sèimh, agus caomhail, agus tlàth. Sin mar bu chòir do chreidmhich aosda a bhith ; solus sèimh na diadhaidheachd a bhì air an gnùis, agus toraidhean abuich an Spioraid a bhì 'n am beatha.

So agad, a leughadair, litir a bha air a sgrìobhadh le seann duine àraidh beagan m'an do shìubhail e, " Tha mi nis air an leabaidh daonn-an, gun chomas éirigh, ach tha mi toilichte a chluinntinn gu bheil obair an Tighearna a' soir-bheachadh. Tha mi air mo phianadh le lònidh,

'n am làmhnan agus 'n am chasan, ach ged bhios mo chridhe air uairean a leaghadh mar chéir, tha mìle aobhar agam a bhì moladh an Tigh-earna. Tha mo bhuidhean a' fàs mall, mo léirsinn agus mo chlaisteachd, ach cha bhì mòran feum agam orra anns an t-saoghal so tuilleadh, is tha dòchas agam anns an t-saoghal eile gu'm bì sùilean nan dall agas cluasan nam bodhar air am fosgladh. Tha mi toilichte a chluinntinn gu bheil seann daoine air an cuimhneachadh ann an eadar-ghuidhe a' choimhthionail a h-uile Sàbaid ; is mór a' chomhfhurtachd sin, gu'm biodh an òigridh a' cuideachadh sheann daoine *le an ìrnuighean*."

Cha ruig mi a' leas dad a ràdh mu'n fhear a sgrìobh an litir so ach gu'm bu taitneach d'a theaghlach a bhì fuireach còmhla ri seann duine cho toilichte.

*Is sona an sluagh a tha 's an staid so,
Is sona an sluagh d'an Dia an Tighearna.*

Aig an Uinneig

Na duilleagan Gàidhlig

THA deireadh na bliadhna a' tarruing dlùth ; aig deireadh na bliadhna bidh ministearan agus seiseanan a' cur an cùisean an òrdugh. Bu mhaith leam, ma ta, a chur 'n an cuimhne gu bheil e iomchuidh dhaibh na duilleagan so fhaotainn ann am broinn Leabhar Gorm na h-eaglais, air son gach teaghlach anns a' choimhthional anns a bheil Gàidhlig air a bruidhinn. Cha chosd an Leabhar Gorm dad a bharrachd leis na duilleagan Gàidhlig a bhì ann, agus theagamh gu'n toir iad toileachadh do dhaoine aig nach 'eil cothrom air mòran eile a leughadh an Gàidhlig.

Bidh mise cho tric a' bruidhinn mu Phol 's gu'n tig cainnt Phoil gu bàrr mo phinn gun fhios domh ; urram dhaibhsan, ma ta, d'an dlighear urram, na coimhthionail gasda as an dean mi uail, a chionn gu bheil iad féin agus an aodhairean dealasach agus dileas do'n Ghàidhlig. Air cheann na cuideachd urramaich sin tha an Eaglais Ard, an Steòrnabhagh, a tha gabhail còrr agus ochd fichead de na duilleagan Gàidhlig a h-uile mìos. Tha dà choimhthional eile a' gabhail os cionn còig fichead dhiubh ; Ullabul, agus Eaglais an Naomh Oran an Dùn-éideann. Sin an trìuir a tha anns an t-sreath-thoisich. Ach 'n an déidh sin tha feadhainn eile a' leantuinn gu dlùth ; an Eaglais Ghàidhealach, an Ceann Loch ; Lagan Mo-Choid ; Tobar Mhoire (an Eaglais Ard) ; Sléibhte ; Tairbeart na Hearadh ; Eaglais an t-Sratha. Anns na sgìreachdan sin tha coimhthionail móra agus làidir, ach an iomadh àite eile far nach 'eil an coimhthional

cho mór theagamh gu bheil iad a' deanamh a cheart cho maith a réir an àireamh.

Uile gu léir tha suas ri ochd mìle de na duilleagan Gàidhlig a' dol a mach a h-uile mìos air feadh an t-saoghail ; tha iad a' dol do Shasunn, do Chanada, do Astralia, do America ; tha iad a' dol gu iomadh duine nach 'eil ann an coimhthional Gàidhlig, agus gu iomadh duine nach buin do Eaglais na h-Alba idir, ach leis an caomh cainnt an màthar.

Ach ged tha a' chuid mhór de na ministearan anns na Cléirean Gàidhealach a' feuchainn ris a' Ghàidhlig a chumail suas anns an dòigh so, tha feadhainn eile a tha caoin-shuarach, agus nach cuir de dhragh orra féin 's gu'n innis iad do dhuine anns a' choimhthional gu'n gabh na duilleagan so faotainn. Le lagh na h-eaglais tha comharradh-cluaise air a chur air sgìreachdan sònruichte, gur sgìreachdan iad anns an feum Gàidhlig a bhì aig a' mhinistear, ach tha feadhainn dhiùbh sin anns nach fhacas na duilleagan Gàidhlig o chionn bhliadhnanachan. Am bitheantas chan 'eil aobhar air sin ach dearmd is leig a' mhinisteir. Tha e glé neònach gu'm biodh còrr is dà fhichead de'n Mhiosachan Ghàidhlig a' dol do Shiosgairn, an Arainn ; suas ri trì fichead a' dol do Ghòilispidh agus do Bhun-Ilidh an Cataibh, agus gun ghin idir a' dol do chuid de sgìreachdan an Earra-Ghàidhealach agus an Cléir Inbhir-Nis. Ach tha Cnoc Mhuire a' cumail an t-soluis beò.

Co ris a theirear Gàidheal ?

Tha e duilich a ràdh an diugh co dha is còir dhuinn an t-ainm Gàidheal a thabhairt ; cò

iad na Gàidheil agus cò iad na Goill? An abair thu Gàidheal ris a h-uile duine a bhuineas do fhine Gàidhealach; Caimbeulaich, is Stiùbhardaich, is Dòmhnallaich, is Leòdaich, is Leathan- aich? Chan abair idir; tha gu leòir de Dhòmhn- nullaich cho Sasunnach ris na Sasunnaich féin.

An abair thu Gàidheal ris a h-uile duine a tha fuireach anns a' Ghàidhealtachd? Chan abair na's mò; tha uiread choigreach anns a' Ghàidhealtachd an diugh 's a tha innte de'n t-seann stoc.

An ann ri duine anns a bheil fuil Ghàidhealach a their thu Gàidheal? Chan ann na's mò; tha fuil dhaoinne an diugh cho measgta 's nach 'eil e furasd a ràdh ciod an nàisinn d' am buin iad. Duine aig an robh seanair de mhuintir Leòdhais, agus seanmhair de mhuintir Eirinn, màthair a rugadh ann am Peebles, agus athair a rugadh ann an Cardiff, bhiodh e duilich a ràdh ciod an fhuil a tha ann.

Tha an fhuil ag atharrachadh gun sgur; tha daoine iad féin a' falbh o àite gu àite gun sgur, ach tha a' Ghàidhlig air a labhairt mar bha i riamh. Sin a' bhann a tha ceangal nan Gàidheal ri chéile, air chor agus nach còir dhuinn Gàidheal a ràdh ri duine air bith ach duine a bhruidhneas ar cainnt. Cò riamh a chunnaic Sasunnach gun Bheurla, no Frangach gun Fhraingis? Bhiodh Gàidheal gun Ghàidhlig a cheart cho neònach.

Is e an cunnart as mò a tha bagradh na Gàidhlig an diugh gu bheil an sluagh a' fàs cho tana anns na glim agus anns na h-eileanan. Ach cò as urrainn stad a chur air an tanachadh sin?

Am facal aonachd

Chan aithne dhomh facal idir a tha air éig- neachadh cho tric ris an fhacal *aonachd*, mur bheil am facal *eas-aonachd*. Cluinmid tu eadhon daoine pongail a' labhairt mar gu'n biodh e fìor gu bheil *eas-aonachd* daonnan am measg dhaoinne nach 'eil de 'n aon eaglais, agus bràithreachas is blàths eadar na daoine a tha suidhe còmhla. Chan 'eil an sin ach bruidhinn gun seadh. Chan e gu bheil iad a' suidhe anns an aon eaglais a tha deanamh aonachd spioradail eadar daoine ach gu bheil an cridheachan air an socruchadh air na h-aon nithe, agus an anamanna a' gràdhachadh an aon Slànuighear. Sin a' bhann a tha ceangal dhaoinne ri chéile

agus chan e gu'm buin iad do'n aon eaglais. Chan e clachan is aol, no eadhon aon mhòd- riaghlaidh, a' bhann a tha eadar daoine gu spioradail ach *am bràithreachas ann an Crìosd*. Theagamh gu bheil barrachd eas-aonachd (ann an seadh spioradail) ann an eaglais na Ròimhe no anns an eaglais Shasunnaich na tha am measg eaglaisean beaga Pròstanach, ged tha iad dealaichte o chéile, agus gach aon dhiùbh a' seasamh a mach o chàch airiping shònruichte air chor-eigin. Chan 'eil e ceart do dhuine air bith a ràdh gu bheil eaglaisean nach téid còmhla *a' reubadh corp Chrìosd*. Sin seòrsa cainnt nach bu chòir a chleachdadh idir. A dh' aindeoin cò an eaglais d' am buin iad chan 'eil eas-aonachd am measg càirdean Chrìosd.

Altachadh roimh bhìadh

Is bochd an airidh gu bheil an seana chleach- dadh diadhaidh so a' dol á fasan an diugh. Theagamh gu'n abair cuid nach 'eil ann an altachadh aig am bidh ach foirm gun bhrìgh, agus nach am freagarrach e ùrnuigh a dheanamh an uair a tha daoine a' gliogarsaich sgeanan is spàinean, agus 'g an socruchadh féin ann an caithrichean gus tòiseachadh air itheadh. Faodaidh e bhith nach 'eil ann an altachadh air uairean ach coslas na taingeachd gun a brìgh, ach cha bu chòir do'n chùis a bhì mar sin, is saoilidh mi gur bòidheach agus gur ceart an cleachdadh e gu'n aidicheadh daoine maitheas agus tròcair an Tighearna ann a bhì toirt dhaibh an teachd-an-tìr, beannachd nach b' urrainn dhaibh fhaotainn le an innleachd féin. Air cho innleachdach 's gu bheil mac an duine *chan urrainn dha biadh a dheanamh*; tha am biadh a' tighinn as an talamh, agus is e cumhachd Dhe a mhàin agus feartan neo-fhaicsinneach an Uile- chumhachdaich a bheir as an talamh e. Ged nach bitheadh aobhar eile air, ma ta, ach so fhéin, bu chòir do dhaoinne beannachd Dhe iarr- aith air am biadh agus moladh a thoirt dha air son a mhaitheis. Nach bu ghasda an rud e, gach uair a bhriseas sinn arau (chan e mhàin anns an eaglais ach aig an tigh) gu'm biodh Crìosd air aithneachadh leinn ann am briseadh an arain! Is fheàrr an bonnach beag le bheann- achd-san na 'm bonnach mór gun a bheann- achd; an uair a bheannaicheas Crìosd ar n-iasg agus ar n-aran bidh iad air am mend- achadh.

An t-òran nuadh

THA 'n ceò a' teicheadh as gu luath
A dh' fhàg na speuran dubhach;
Tha 'n t-slighe a' fàs na's réidh' gach uair
'S mo cheum tha aotrum subhach;

Ged thùirling trioblaid air mo chridh'
Mar shiantan tron' nan gleannaibh,
'S le Crìosd mi, is leam-sa Crìosd,
Cò 'n ti le fonn nach seinneadh?

November

Cuairt na Gealaich

A' cheud cheathramh, 24mh là
An solus làn, 2mh là

An ceathramh mu dheireadh, 10mh là
An solus ùr, 17mh là

"Oir b'i àithne an rìgh mu'n tìmhchioll gu'm biodh cuibhrionn àraidh air an son,
a dh'ìghe féin air gach là."—NEHEMIAH, XI. 23.

- | | | | |
|-----------------|--|-----------------|--|
| 1. Di-ciadaoin | Là nan uile naomh. Na deanaibh dochann do'n talamh gus an cuir sinn seula air seirbhisich ar De air clàraibh an aodainn.—Taisbean vii. 3 | 14. Di-Màirt | Imich romhad an tràth so ; an uair a bhios ùine agam cuiridh mi fios ort.—Gnìomharan xxiv. 25. |
| 2. Di-ardaoin | 'Nuair is Di-ciadaoin an t-Samhainn is iargain-each 'n a déidh. Sean-fhacal. | 15. Di-ciadaoin | Am feadh a bha iad a' dol a cheannach thàinig am fear nuadh - pòsda. — Mata xxv. 10. |
| 3. Di-haoine | Tha sinn uile air seargadh mar dhuilleach.—Isaiah lxiv. 6. | 16. Di-ardaoin | Thàinig e agus fhuairead iad 'n an cadal.—Mata xxvi. 43. |
| 4. Di-Sathuirn | Tha oibre Naduir 'searg 's a fàs
O chaochla taid gu caochla ruith.—Dughall Boch-anan. | 17. Di-haoine | Eirich, tha e 'g ad ghairm.—Marc x. 49. |
| 5. Di-Dòmhaich | <i>Ach is Tusa an Ti ceudna, agus cha chrìochmaichear do bhliadhmachan.</i> —Salm. cii. 27. | 18. Di-Sathuirn | Tha cluasan aca ach cha chluinn iad.—Salm cxv. 6. |
| 6. Di-Luain | Bitheamaid gaisgeil air son ar sluaigh agus air son bhailtean ar De. — 1 Eachdraidh xix. 13. | 19. Di-Dòmhaich | <i>Glaodh gu h-ard, na caomh-ain ; nochd do mo shluagh-sa an easaontas.</i> —Isaiah lviii. 1. |
| 7. Di-Màirt | Air sgàth Ierusalem cha ghabh mi fois.—Isaiah lxii. 1. | 20. Di-Luain | Ghabh e a thurus do dhùth-aich fad air astar.—Lucas xv. 13. |
| 8. Di-ciadaoin | Dùisg, dùisg, cuir umad do neart, O ghàrdein an Tighearna.—Isaiah li. 9. | 21. Di-Màirt | Dh' éirich Ionah suas gu teicheadh o fhianuis an Tighearna.—Ionah i. 3. |
| 9. Di-ardaoin | Labhraidh Esan sìth ris na cinnich agus bithidh uachdranachd o mhuir gu muir.—Sechariah ix. 10. | 22. Di-ciadaoin | Chaidh Iudas a mach air ball agus bha 'n oidheche ann.—Eoin xiii. 30. |
| 10. Di-haoine | Air mo dheas làmh dh' éirich an òigrìdh.—Iob xxx. 12. | 23. Di-ardaoin | A' phlàigh a ghluaiseas anns an dorchadas. — Salm. xci. 6. |
| 11. Di-Sathuirn | Cha till, cha till, cha till Mac Cruimein,
Cha till e gu bràth gu là na Cruinne. | 24. Di-haoine | Feithidh e ris an dubh-thràth, agràdh, Chan fhaic sùil mi.—Iob xxiv. 15. |
| 12. Di-Dòmhaich | <i>Daoine a thug am beatha féin thairis air son ainme an Tighearn Iosa Crìosd.</i> —Gnìomharan, xv. 26. | 25. Di-Sathuirn | Tha sùilean an Tighearna anns gach àite.—Gnath-Fhocail xv. 3. |
| 13. Di-Luain | Is luachmhor ann an sealladh an Tighearna bàs a naomh.—Salm. cxvi. 15. | 26. Di-Dòmhaich | <i>Thig a nuas gu grad, oir is eigin dòmh-sa stad an diugh aig do thigh.</i> —Lucas xix. 5. |
| | | 27. Di-Luain | Cuir do thigh an òrdugh oir gheibh thu bàs.—2 Rìgh xx. 1. |
| | | 28. Di-Màirt | Chan 'eil aithreachas anns a uaigh. |
| | | 29. Di-ciadaoin | Tha an oidheche a' teachd anns nach urrainn duine obair a dheanamh.—Eoin ix. 4. |
| | | 30. Di-ardaoin | Dean dicheall uime sin 'n a thràth
Crìoch a chur air saothair do làmh.—Laoidh. |



Rìgh-chathair nan Gràs

LEIS AN URRAMACH RUAIRIDH MOIREASDAN, EAGLAIS ARD STEÒRNABHAGH.

“Thigeamaid uime sin le dànachd gu rìgh-chathair nan gràs, chum gu’m faigh sinn tròcair, agus gu’n amais sinn air gràs chum cabhair ann an àm feuma.”—EABH. iv. 16.

THA an abstol a’ misneachadh dhaoine a tha mothachail air an amhuinneachdan féin làn fheum a dheanamh de’n t-sochair a chuir Dia romhpa, is e sin, cathair gràs. Is maith tha fios aig an abstol gu’m bheil eadhon Crìosduidhean gu tric a’ call am misneach tre an mhothachadh a tha aca air an lùthadh dòigh anns am bheil iad a’ tighinn gearr air an dleasnas. Gun teagamh tha fios aig a h-uile Crìosduidh nach ann fhéin tha bonn a dhòchais, ach aig an àm cheudna, an uair a tha iad ’g an glacadh féin air seachran, tha iad ullamh a bhì smaoineachadh nach ’eil iad deagh-beathte a thìghinn gu cathair gràs, agus tha iad le eagal a’ cumail air falbh. A nis, tha an t-abstol ag oidhirpeachadh an smuain mearachdadh sin a bhriseadh sìos. Tha e a’ cur an cèill nach ann idir air son dhaoine foirfe tha cathair gràs, ach air son dhaoine a tha a’ cur feum air tròcair agus air cuideachadh o Dhia. Tha an dearbh ainm a tha an t-abstol a’ toirt do’n àite aig an coinnich Dia am peacach, “*cathair gràs*,” a’ taisbeanadh gu’m bheil stiùl Dhe air feum an anama agus gu’n d’rinn E ullachadh air a shon.

Thig gu Dia

I. Beachdaich, an toiseach, air a’ chleachdadh chum am bheil sinn air ar gairm : “Thigeamaid . . . gu rìgh-chathair nan gràs.”

So agad cathair Dhe a chum am bheil sinn air ar gairm ; a’ chathair air am bheil Dia ’na shuidhe mar Rìgh nan gràs, is e sin, mar Rìgh a tha E féin gràs-mhor, agus a tha cleachdadh a ghràs-mhorachd a thaobh dhaoine. Tha E a’ feitheamh ri bhì gràs-mhor, agus tha an t-slighe fosgailte do gach anam bochd a tha faireachadh fheum air tròcair. Thigeamaid uime sin gu rìgh-chathair nan gràs.

So an cleachdadh a chum am bheil sinn air ar gairm. Ach cìa mar a thig sinn ? Thig le aoradh, le urram, le eagal diadhaidh, oir tha an Dia a tha ’na shuidhe air a’ chathair so naomh os cionn gach sgeul, roimh am bheil ainglean na glòire a’ còmhach an aghaidh ; agus cò sinne gu’n tigeamaid ann an spiorad sam bith eile ach spiorad aoraidh agus urrainn ? Fo an t-seann Tiomnadh thàinig an luchd-aoraidh gu Dia le an iobairtean. Ciod e an iobairt leis an tig sinne ? Cridhe treibhdhìreach ag earbsadh

ann an iobairt Chrìosd air Calbhari. Thigeamaid, a’ leigeil ar taic air an obair a chrìochnaich Chrìosd air ar son, agus bithidh ar teachd taitneach do Dhia. So an t-aoradh ris an gabh Dia, ’nuair a thig sinn ann an treibhdhìreas ag aideachadh ar peacaidhean agus a’ creidsinn gu’n toir Dia maitheanas dhuinn air sgàth Chrìosd.

So, a ris, an cleachdadh a chum am bheil sinn air ar gairm, a bhì tighinn le aoradh, le urram, le creideamh ann an iobairt Chrìosd gu cathair Dhe le ar n-iarrtuiséan. Agus tha cathair Dhe far am bheil anam bochd sam bith, anns an dòigh a dh’ainmich mi, a’ feitheamh air Dia.

Thig le dànachd

II. Beachdaich, anns an dara h-àite, air an earail a tha an abstol a’ toirt dhuinn a thaobh ar cleachdaidh : “Thigeamaid,” tha e ag radh, “le dànachd.” Cha leig mi leas a ràdh gu’m bheil eadar-dhealachadh mòr eadar dànachd agus ladarnas. Tha a leithid de ni ann ri bhì tighinn gu Dia le ladarnas. Seall thusa air an duine tha tighinn gu Dia ag aideachadh a bhì ag aoradh dha, agus aig an àm cheudna a di-chuimhneachadh gu’m bheil e ’na pheacach, agus ’ga choimeas fhéin, mar a bha am Phari-seach mòr, ri choimhearsnach ; ’ga mheas fhéin mòr agus maith agus a choimhearsnach suarach, agus a’ saoilinn gu bheil còir aige-san air fàbhar Dhe os cionn neach sam bith eile,—nach e ladarnas da-rìreadh a tha e sin a nochdadh ? Is e, gun teagamh, agus cha téid ùrnuigh an duine sin na’s àirde na e fhéin. Tha saoghal de eadar-dhealachadh eadar a leithid sin a dh’inn-tinn agus “dànachd” Chrìosdail. Tha an dànachd so air a bhonnachadh air tròcair Dhe a mhàin, mar a tha sin a’ tighinn am follais ann an Crìosd, agus air fìrinn agus seasmheachd geallaidhean Dhe. Tha dà ni air cùl an dànachd shoisgeulach so, mothachadh air neo-airidheachd agus creideamh ann an éifeachd neo-chrìochnach fola Chrìosd. An duine a thig gu cathair gràs, ag aideachadh ann an treibhdhìreais a neo-airidheachd fhéin agus a’ faicinn an luach neo-chrìochnach a tha ann am fuil Chrìosd a chum peacadh a thoirt air falbh, iarraidh e sin an ni as àill leis, agus nithear dha e, oir tha dànachd aige anns am bheil urram do Dhia agus aig am bheil buaidh maille ri Dia.

Beannachdan gun àireamh

III. Seall, a nis, anns an treas àite, air na beannachdan ris am faod sinn sùil a bhì againn 'nuair a thig sinn leis an dànachd so gu cathair gràis; "tròcair agus gràs a chum cabhair ann an àm feuma." Ciod e an t-àm feuma tha so? Chan e gu'm bheil amannan sònraichte anns am bheil feum againn air tròcair agus gràs agus amannan eile anns nach 'eil feum againn orra idir. Gun teagamh faodaidh amannan a bhì ann anns am bheil barrachd feum againn air cuideachadh na aig amannan eile, agus a thaobh a leithid sin a dh' amannan chan 'eil teagamh nach dean Dia ullachadh sònraichte 'na fhreas-dal gu bhì coinneachadh riù; ni E sliugh gu dol as do'n anam 'na fheum. Ach is e "àm feuma" ar ceann-teagaisg an t-àm a tha an làthair, a' mhìonaid so fhéin. Tha Dia air cathair a ghràis a nis. Tha sinne a' cur feum air cuideachadh bhuaith mar Dhia nan gràs. Is e an diugh an t-àm taitneach, an diugh là na slàinte; an diugh là ar feum, an diugh là ar cothrom.

Is ann air tròcair agus air gràs tha sinn a' cur feum. Is e tròcair agus gràs dà chumadh anns am bheil gràdh sìorruidh Dhe 'g an nochdadh fhéin ann a bhì deanamh cabhair air peacaich a tha anna fhéin gu tur neo-airidh air gu sealladh Dia idir an taobh a tha iad. Chan 'eil fhios agam-sa am bheil an t-abstol a' deanamh eadar-dhealachadh eadar tròcair agus gràs. Faodaidh

gu'm bheil tròcair a' coinneachadh ri ar feum mar pheacaich chiontach, agus gràs ri ar feum mar chreidmich a' saothrachadh air son Chrìosd. Co dhiùbh a tha sin mar sin no nach 'eil, tha cinnt gu'm bheil feum aron aig a' pheacach le a chiont, agus aig a' chreidmheach le a neo-chomas fhéin, aron air gràs agus air tròcair, agus gu'm bì gu deireadh am beatha air an talamh so. Oir ciod a tha agad ann an tròcair agus gràs Dhe ach dìreach a thruas, a chofhaireachadh agus iochd a' tighinn a mach ann an dòigh chleachdail le cabhair agus cuideachadh a dh'ionnsuidh dhaoine a tha cur feum orra, agus nach deanadh an gnòthuich idir as an aonais, ach a bhithheadh càillte agus millte. Is e tròcair làmh Dhe air ceann a' pheacaich, 'ga chuir saor o chionta, guth Dhe ann an coguis a' chiontaich a' labhairt sìth tre Chrìosd ri 'anam; gàirdeanas Dhe timchioll a mhic stròdhail; pòg na réite air bathais a' pheacaich no a' chreidmich chùl-shleamhnachail a' deanamh aithreachais.

Is e cathair gràis an t-àite far am bheil a bheannachd so ri fhaotainn. Thigamaid uime sin le dànachd a chum gu'm faigh sinn tròcair. Thigeadh am peacach a chum gu'm faigh e maithneas; thigeadh an creidmheach a chum gu'm faigh e neart gu seirbhis agus gu seasamh gu daingean ann am beatha nan gràs gus am bris an là, là na glòire agus na duais.

Anns a' Chathair

"Tha a' ghaoth a' séideadh far an àill leatha; mar sin tha gach neach a tha air a bhreith o'n Spiorad."—IOSA.
 "Chan 'eil cumhachd aig an Fhèrinn gus am faicear i am beatha dhaoine."—COLERIDGE.

THA an eaglais anns na làithean so mar gu'm faiceadh tu soitheach-sheòl ann an glag fèath. Tha gach nì aig an luing a bheireadh siubhal aisde, ach a mhàin nach 'eil deò gaoithe aice. Tha a h-uile stiall aodaich oirre a ghabhas crochadh ris na croinn; tha sgioba is acfhuinn gun taing aice; agus neo-ar-thaing *peant*, ach tha a' ghaoth air chall is chan 'eil an long a' gluasad.

Sin mar tha an eaglais an diugh. Le sealltainn oirre bho'n taobh a muigh cha robh i riamh cho làidir no cho beartach, ach a dh' aindeòin sin uile, *chan 'eil dad a' tachairt*. Cha chluinnear ach annamh an diugh mu dhream a tha ag aideachadh a bhì air an tèarnadh. Anns na làithean anns nach robh cumhachd no maoin shaoghalta aice tha sinn a' leughadh gu robh trì mìle anam air am iompachadh fo aon shearmon, ach an diugh an iomadh àite tha trì mìle searmon air an liubhairt, agus gun aon anam a bhì air iompachadh. Tha feum againn air pilleadh ri Dia le irioslachd, agus eadar-ghuidhe a dheanamh 'n a làthair, gu'n séideadh e anail bheò an Spioraid Naomh air eaglais na h-Alba aon uair eile.

*Ath-bheothaich t' obair féin,
 Bris cadal trom a' bhàis
 Cuir beatha anns na h-èibhlean fuar,
 Le anail bheò do ghràis.*

Uair no dha bho àm a' chogaidh dh' fheuch an eaglais ri *dùsgadh* a dheanamh innte féin, ach daonnan bha i a' feuchainn ri dheanamh le a h-innealan agus a h-acfhuinn féin, agus a chionn gu robh, cha tàinig as na h-oidhirpean sin ach othail dhaoine is gliongarsaich acfhuinne. Bha dùil againn aon uair gu'n deanadh am fear nach maireann, Dòmhnall Friseal, agus am bannal dhaoine a bha ag oibreachadh còmhla ris, atharrachadh an Albainn, ach tha Albainn an diugh fhathast mar bha e roimhe; tha long an t-soisgeil fo làn aodach, *ach tha a' ghaoth air chall*. Agus an rud a dh' fhairtlich air Dòmhnall Friseal cha ruig duine eile a leas feuchainn ris.

Ann an saoghal ùr

Car son nach 'eil Facal an Tighearn a' labhairt ri cridheachan dhaoine an diugh le cumhachd, agus car son nach 'eil searmonachadh an t-soisgeil a' dùsgadh cùram anama anna? Sin ceist as fhasa fhaighneachd na

fhreagairt. Their cuid gur duilich do'n t-soisgeul coguisearan dhaoine a bhioradh a chionn nach 'eil ministearan an diugh 'ga shearmonachadh, no luchd-éisdeachd 'ga chluinntinn. Their cuid eile gu bheil inntinnean dhaoine a' gluasad ann an saoghal ùr an diugh, agus nach 'eil feum air bith ann do shearmonaichean a bhi labhairt riu anns an dòigh am b' àbhaist dhaibh, a' maoidheadh ifrinn orra agus ag iarraidh orra teicheadh o'n fheirg a tha ri teachd, mar gu'm b'e sin suim an t-soisgeil.

Ach ciod air bith as aobhar dha, tha e soilleir gu leòr nach 'eil an òigridh an diugh a' toirt suim air bith do na nithean a ghluaiseadh cridheachan an aithrichean agus a bhioradh coguisearan an aithrichean. Ach chan 'eil so a' ciallachadh gu bheil iad caoin-shuarach mu'n bheatha dhiadhaidh, no nach 'eil iad ag iarraidh na slighe gu Dia. Tha iad a cheart cho dùrachdach 's a bha an aithrichean, agus a cheart cho ionndrainneach 'n an cridhe air Dia, ach tha iad dùrachdach agus ionndrainneach 'n an dòigh féin, is chan ann a réir fasain nan làithean o shean.

Ged thigeadh D. L. Moody fhéin air ais an diugh, a bha 'n a phrionnsa am measg shoisgeulaichean, tha mi an dùil nach cuireadh eadhon a ghuth-san beatha anns na cnàmhan tioram an Albainn. Bha an teachdaireachd agus an dòigh searmonachaidh a bha aig Moody freagarrach do'n ghineal ris an do labhair e, ach tha amharus agam nach glacadh e aire no cridheachan dhaoine an diugh mar rinn e ann an 1874.

An soisgeul á America

Ach mur glacadh D. L. Moody aire agus cluas na h-òigridh an diugh tha Americanach eile 'ga dheanamh ; F. N. D. Buchman, a tha air cheann nan daoine ris an abrar *Oxford groups*. Chan 'eil e furasd innsadh ann an Gàidhlig cò iad na daoine so, no ciod a tha iad a' teagasg, oir tha dòighean is teagasg aca a chuireadh iongnadh air seann aithrichean Rois. Ach air a shon sin, tha *bannal a bhràithreachais*, mar dh' fhaodas mi a ràdh riu, 'a cosnadh seòrsa dhaoine do Dhia nach gabhadh cosnadh le searmonaichean no soisgeulaichean eile. Agus air uairean bidh e a' tighinn 'n am inntinn gu'm faod e bhith gur e so an dòigh ùr anns a bheil an Spiorad Naomh a' toiseachadh air oibreachadh 'n ar measg. Tha an Spiorad Naomh mar a' ghaoth ; thig e is falbhaidh e 'n a dhòigh féin ; chan 'eil e air a chumhannachadh ri daoine sònruichte, no ri eaglaisean sònruichte, no ri teagasg sònruichte, no ri dòighean sònruichte ; tha e ard-uachdaranail agus saor.

Bannal a' bhràithreachais

Cò iad na daoine so ? Chan 'eil sin furasd a ràdh ann an aon fhacal, ach faodar a ràdh gur daoine iad nach 'eil riarichte le foirm no le

ainm na diadhaidheachd, agus aig a bheil iarraidh air cumhachd na diadhaidheachd 'n am beatha. Theagamh gur e an t-aobhar nach 'eil òigridh an là so a' dol do'n eaglais, no a' gabhail suim do ghuth na h-eaglais, nach 'eil iad a' faicinn gu bheil an creideamh no an aideachadh a' deanamh mùghaidh air bith ann am beatha luchd-aideachaidh. Tha iad a' faicinn gu bheil luchd-aideachaidh coltach ri muinntir eile an t-saoghail, is cha léir dhaibh cumhachd air bith 'n am beatha, no aoibhneas air bith 'n am beatha ris a bheil farmad aca, agus a bu mhaith le fhaotainn dhaibh féin. Sin aon de na h-aobh-aran nach 'eil daoine òga a' dol do'n eaglais an diugh, nach 'eil iad a' faicinn toraidhean an t-soisgeil ann am beatha an aithrichean agus am màthraichean agus luchd-aideachaidh eile, agus a chionn nach 'eil, tha amharus aca nach 'eil anns an eaglais ach inneal leis a bheil ministearan agus seòrsachan eile dhaoine a' faotainn ùgh-darrais is beò-shlàint ; comunn talmhaidh a tha taingsinn do'n t-sluagh rud nach 'eil aice ri thoirt dhaibh. Sin na smuaintean a tha aig na miltean de dhaoine òga an diugh ; ceàrr no ceart tha na smuaintean so agus an t-amharus so 'n an inntinnean, is chan 'eil e furasd an cur asda. Cha chuir rud air bith asda iad ach *cumhachd na Fìrinn fhaicinn ann am beatha dhaoine*.

Riaghailtean a' bhràithreachais

Bha sin air fhaicinn an làithean an Tiomnaidh Nuaidh ; bha e ri fhaicinn air aghaidhean nan creidmheach gu robh sòlas agus sìth agus neart dìomhair aca nach b' aithne do'n t-saoghal, nìeigin a b' fhiach do dhuine a mhaoin uile a thoirt seachad air a shon.

Sin an seòrsa beatha a tha *bannal a' bhràithreachais* a' cur romhpa, is tha iad a' teagasg nach gabh i ruighinn oirre mur smachdaich daoine ann feòil agus an inntinn, agus mur gabh iad dòighean sònruichte air sin a dheanamh. Tha iad a' teagasg nach tig cumhachd na diadhaidheachd a steach do bheatha neach air bith a tha seasamh a mach leis féin, no tha ag oibreachadh a shlàinte féin an ònrachdas ; nach tig cumhachd na diadhaidheachd is soilleireachd an Spioraid Naomh gu daoine ach a mhàin ann an comunn nam bràithrean agus le bhileantuinn riaghailtean a' bhràithreachais. Tha iad a' teagasg gu'm feum a h-uile seòmar ann an cridhe duine a bhi fosgailte chan e mhàin do shùil Chrìosd ach do shùilean nam bràithrean mar an ceudna ; gu'm feum duine a bhi cho fosgailteach is neochailteach ri bhràithrean 's ged bhiodh e 'na sheasamh aig cathair-bhreitheanais Dhe. Is e aon de na riaghailtean a tha aca uair an uaireadair a chur seachad a h-uile latha ann an ùrnuigh dhiomhair agus ann an rannsachadh a' Bhìobuill, a' feitheamh air Dia ann an earbsa gu'm foillsich e a thoirt dhaibh agus gu'n stiùir e an ceuman.

An sud agus an so air feadh na dùthcha tha *bannail a' bhràithreachais* ag oibreachadh, a' feuchainn ri thoirt air daoine eile a chreidsinn gu bheil e comasach dhaibh sìth Dhe, agus làthaireachd Dhe, agus cumhachd Dhe, a mhealtuinn anns a' cheart dòigh anns an robh iad air an mealtuinn le Crìosd, ma leanas iad riaghailtean nam bràithrean. Ann an aon seadh, chan 'eil dad ùr aca ri innseadh do dhaoine a thaobh na beatha spioradail agus am féin-smachd a dh' fheumar a chleachdadh mus cùm duine e féin ann an co-chomunn Chrìosd, ach tha iad a' cur sheann nithean ann an dòigh ùr, agus a réir choslais tha daoine air an iompachadh agus air an atharrachadh, is tha toraidhean an Spioraid ri fhaicinn 'n am beatha. Sin an dearbhadh; is ann air an toradh a dh' aithnicheas sibh iad.

Breith luath lochdach

Tha mòran dhaoine anns an dùthaich leis nach toil *bannail a' bhràithreachais* a chionn gu bheil iad am beachd nach 'eil an teagasg fallan agus nach 'eil iad a' toirt an àite sin do bhàs Chrìosd a thug Pol agus na h-aithrichean dha, ach cha bu chòir do'n eaglais breith luath a thoirt air teagasg air bith a tha cosnadh dhaoine do Dhia agus do'n bheatha dhiadhaidh, oir tha breith luath gu tric 'n a breith lochdach. Is e an gliocas dhuinn uile ar teanganna a chumail o na daoine so, agus leigeil leò, mar thubhairt Gamaliel, oir ma's ann o dhaoine a mhàin a tha an obair a tha iad a' deanamh thig i gu neo-bhrìgh, ach ma's ann o Dhia a tha i, chan urrainnear a cur gu neo-bhrìgh.

Bho chionn bhliadhnan tha an eaglais a' guidhe gu'n tigeadh dùsgadh, agus ged nach ann anns an eaglais a thòisich an obair so, cò aige a tha fhios nach e so a' cheud deò de'n ghaoith ris a bheil i a' feitheamh. "Tha a' ghaoith a' séideadh far an àill leatha; tha thu a' cluinntinn a' fuaim ach chan 'eil fhios agad cia as a tha i teachd, no c' àite a bheil i dol: is ann mar sin a tha gach neach a tha air a bhreith o'n Spiorad."

Moody agus Buchman

An uair a thàinig Moody agus Sankey do Shasunn ann an 1874 cha robh cuid de na

dòighean a bha aca uile gu léir a réir inntinn an diadhair urramaich, an t-Ollamh R. W. Dale, am Birmingham, ach an déidh dha fhaicinn le shùilean féin combharraidhean an Spioraid Naomh anns na coinneamhan aca, thuir e ri Moody, gu robh e soilleir gur ann o Dhia a bha an obair, a *chionn nach robh e a' faicinn dad annsan leis am b' urrainn e daoine a ghluasad mar bha iad air an ghluasad.*

Foadar a cheart rud a ràdh mu F. N. D. Buchman; chan 'eil dad anns an duine fhéin a chuireadh air thoiseach air daoine eile e. Fad bhliadhnan, ged bha dùil aige gu robh e air an t-slighe cheart, cha robh a chridhe aig fois, is bha faireachadh aige gu robh ni-eigin a' seasamh eadar e fhéin agus Dia. Bha amharus aige gur e fuath is fearg a bha 'n a chridhe ri daoine sònruichte a bha milleadh a shìthe agus a' togail balla-meadhoin eadar e féin agus Dia. Là a bha e ann an droch shuidheachadh leis an uallach so chaidh e steach do eaglais bhig air an dùthaich far an robh boirionnach a' bruidhinn mu'n chrann-cheusaidh. Cha b' aithne dha uiread agus a h-ainm, ach chaidh rud-éigin a thubhairt i mar shaghead 'n a chridhe is chunnaic e e-fein mar bha e am fianuis Dhe. An oidhche sin cheus e a dhannarrachd is uabhar, agus sgrìobh e sè litrichean gu sè daoine sònruichte ag iarraidh maitheanas. Os cionn gach litreach chuir e na briathran so:

*'Nuair dhearcas mi air crann nam buadh,
Air an do cheusadh Rìgh na Glòir',
Measam gach buannachd mar nà truaigh,
'S is tàir 's is fuath leam m' uabhar mòr.*

Cha do chuir gin dhiubh fios-freagairt thuige, ach air son na ceud uaire 'na bheatha dh' fhairich e Crìosd an taobh-a-stigh dheth mar chumhachd agus mar bheatha. Dh' fhalbh gach amharus is teagamh, is fhuair e a mach 'n a fhiosrachadh féin gur peacadh a tha ann an rud air bith a tha dealachadh duine o Dhia no o bhràithrean. Sin crìche na teachdaireachd a tha aig Buchman do'n t-saoghal, gu'm feum daoine am peacaidhean aideachadh do dhaoine a thuilleadh air an aideachadh do Dhia; mur dean iad sin cha bhi sìth Dhe, no cumhachd na diadhaidheachd, no tiodhlac an Spioraid Naomh air a thoirt dhaibh.

Aig an Uinneig

Leisg no mì-sgoinn?

Chan abair mise gu bheil na Gàidheil leasg, na's mò na tha an t-Ollamh Colla Dòmhnallach 'ga ràdh; ach their mi gur ann mar is fhaide a theid iad bho'n tigh is fhcàrr iad air obair. Tha mòran sheòrsachan leisge ann, eadar an seòrsa

grànda ris an abrar an dubh-leisg agus an seòrsa laghach a bhios air daoine a tha *iosaidh-òsaidh*. Is ann anamh a thachras duine ort anns a' Ghàidhealtachd anns a bheil an seòrsa grànda de'n leisg, ach tachraidh gu leòir ort a tha *iosaidh-òsaidh*, ma thuigeas tu am facal sin.

Uair a bha a' cheist so, "A bheil na Gàidheil leasg"? air a deasbud anns a' Chomunn Ghàidhealach, an Oil-thigh Dhùn-éideann, dh'éirich oilleanach Gallda is thuirte e ann an guth biorach cruaidh, *mur bheil na Gàidheil leasg, car son a tha uiread dhùibh a' dol air a' pholios?* Ciod air bith mar bha cùisean ann an 1900, is e am pàigh-eadh maith a tha aca a tha cur Ghall agus Ghàidheal air a' pholios an diugh.

Is e comharradh na dubh-leisge gràin air obair. Ach chan 'eil gràin aig na Gàidheil air obair, ged nach toigh leò a bhì fo smàg an uaireadair. Anns na h-eileanan gu sònruichte is toigh leò éirigh agus dol a laighe mar a thoilicheas iad féin, agus an obair no an gnothuch a dheanamh mar a thig e 'n an ceann, ach ged nach 'eil so a réir fasan nan Gall, chan urrainnear a ràdh gur e leisg a tha ann. Is fheàrr leò tulgadh làidir a thoirt air obair an dràs'd 's a ris, agus an sin dol greis air am blian air cnoc, seach a bhì ag obair gu réidh màirnealach fad an latha.

Ach ged nach 'eil na Gàidheil leasg chithear gu leòir de mhì-sgoinn anns a' Ghàidhealtachd, agus gu sònruichte anns na h-eileanan, is tha a' mhì-sgoinn glé dhùth do'n leisg, cho dlùth 's nach 'eil e furasd a' chrìoch eatorra a dheanamh a mach. Nach tric a chì thu achaidhean buntàta agus an salchar a' tighinn thairis orra; gloineachan ann an uinneig air am fàgail gun chàradh fad bliadhna agus conlach no poca air a chur anns an toll; geatachan air tuiteam bhàrr nan lùdagan agus seann chinn leapachan air a chur 'n an àite; copagan is feanntagan gun ghearradh; poll is eabar is uisge aig dorsan fad a' gheamhraidh ged ghabhadh iad tiormachadh le beagan ealantachd is saothair; agus fad na h-ùine daoine 'n an tàmh, gun dùil aca gu bheil dad ceàrr, no gu bheil dad ri dheanamh. Sin agad a mhì-sgoinn, is tha gu leòir dheth sin anns a' Ghàidhealtachd.

Saighdearan agus sgoilearan

Is toigh leis an Rìgh agus leis an rìoghachd a bhì toirt urrainn do shaighdearan agus do chomanndairean airm, ach tha seòrsa eile dhaoine ann a tha na's airdhe air na ceud chaithrichean, sgoilearan agus luchd-ealadhain a tha faotainn a mach rùintean diomhair a' chruthachaidh, agus a tha ruighinn air eòlas a bhios buannachdail do'n t-saoghal uile. An uair a chuireas tu Alasdair Uaibhreach, no Napoleon, no Wellington, no Foch, 'n an seasamh làmh ri Isaac Newton no ri Tearlach Darwin, chan 'eil anna ach na fionnain-fheòir r'an taobh; chan airdh iad air bar-iall am bròg fhuasgladh.

Ged is gaolach an Fhraing air saighdearan cha robh saighdear riamh anns an Fhraing a

rinn uiread air son a dhùthcha agus air son a chinne-daonna 's a rinn Louis Pasteur. Is e Pasteur agus a sheòrsa maithean an t-saoghail.

Chan e rìghrean, no saighdearan, no luchd-riaghlaidh, a tha cur an t-saoghail bun os cionn an diugh ach luchd-an-ionnsachaidh, luchd-ealadhain, speuradairean, cungairean, agus lighichean; daoine iriosal agus sìochail aig nach 'eil armachd air bith ach botuill, is sligean-tomhais, is gloineachan-amhairc, is acfhuinn de 'n t-seòrsa sin.

Saoilidh sinne gur suarach an obair e do dhuine fòghlumte a bheatha a chur seachad a' faire radan agus dheargannan, agus a' cnuasachadh air na fasain a tha aca; ach thig nithe móra á nithe beaga, agus tha fhios aig na dotairean an diugh gur h-ann aig na radain agus na deargannan a dh' fheumas iad tòiseachadh an uair a bhios iad a' feuchainn ris an dà ghalair uamhasach ud a thilleadh, a' Phlàigh Dhubb agus am Fiabhruis Buidhe, galairean a bha marbhadh nam mìltean a h-uile bliadhna anns na seann làithean.

Amadan no duine glic?

Là a bha trì boirionnaich Fhrangach a' dol gu'n obair anns a' mhaduinn chunnaic iad duine 'n a shuidhe air cloich aig taobh gàrraidh, agus e a' dùr shealltuinn air rud-eigin aig a chasan. An uair a bha iad a' dol dachaidh, ann an dol fodha na gréine, bha an duine 'n a shuidhe anns a' cheart àite gun charachadh, agus a shùil fhathast air an làr.

"Amadan bochd air chor-eigin," arsa té dhiubh ri càch, agus i'g a croiseadh féin, "gu'n gleidheadh Dia e!"

Cò an t-amadan bochd ud a bha 'n a shuidhe fad an latha air cloich a' dùr amharc air béisteag shònruichte ach J. H. Fabre, duine a tha a leabhraichean an diugh ainmeil, agus a dh' fhosgail saoghal ùr do dhaoine eile leis an eòlas a chruinnich e agus a thug e dhaibh mu mheanbh-bheatha na talmbhainn.

A thaobh a chranncur shaoghailta cha robh ann am Fabre ach duine bochd; leig e le daoine eile a bhì ri ùinich is ùpraid a' deanamh airgid, agus lean e air gu sàmbach a' gabhail aire do dhòighean sheilleanan is sheangan is dhaolagan. Cha b' ann air ghaol buannachd a rinn e sin ach air ghaol an eòlais, agus air ghaol obair Dhé anns a' chruthachadh a thuigsinn. Cho fad 's a mhaireas an saoghal bidh meas aig sgoilearan air obair an duine so, oir cheasnaich e Nàdur ann an spiorad na h-irioslachd, agus fhuair e freagairtean anns a bheil sùgh is brìgh; freagairtean a chuireas solus air beatha chlann-daoine cho mhaith 's a chuir iad solus air beatha an dealain-dé.

Leisg nan Gàidheal

LEIS AN URRAMACH COLLA DÒMHNULACH, D.D., SGÒR AN LAGAIN

AM bheil na Gàidheil leisg? Tha iad car coltach ri'n coimhearsnaich ann am bheachd-sa. Chan fhaod mi àicheadh nach fhaca mi Gàidheal leisg, ach e'àite air aghaidh an t-saoghail nach tachair sinn air leisgean? Tha iad anns gach dùthaich de'n Roinn-Eòrpa, agus eadhon ann an America, ach cha tric a dh'aidicheas neach sam bi gu'm bheil e leasg. Cha b' aithne dhomh ach aon duine a rinn uail as an leisg, agus ged nach robh e gionach air obair, bha e èasgaidh gun taing 'nuair bhiodh an obair taitneach. Cha robh e eòlach air litreachas no bàrdachd a dhùthcha, ach rinn e greim air aon cheathramh de obair Dhonnacha Bhàin, agus bu thrì air a theanga e.

Sgòthich mi ri gnìomh ged nach d'rinn mi earras,

Thug mi bòid nach fhiach leam bhì ann am sgalaig.

Sguiridh mi 'g am phianadh o'n thug mi 'n aire

Gur e'n duine dìomhain as fhaide mhaireas.

Ach is e a thog an cuspair so gu'n d' thàinig ministear Gallda 'g am fhaicinn. Thug mi sgrìob e do'n eaglais bheag bhòidheach a bha seasamh mar thigh-soluis air carraig taobh na mara. Ged a bha an eaglais glé mhór agamsa cha robh i ach suarrach ann an sùilean mo charaid. Cha b' fheàrr na h-iasgairean a bha 'g am blianadh fhéin ris a' ghrèin am measg nan lìon 's nan croinn-thiormachaidh os cionn a' chladaich. Daoine móra treuna gun teagamh, ach chan fhaca e riamh daoine cho leasg. Bha amharus aige nach gluaiseadh iad ann an cabhaig ged chluinnteadh fuaim na trompaid aig Michael féin. Nach bu leòir combharradh na leisg gu'n robh aodach triùir air gach fear dhiùbh! Bha am ministear Gallda deas-bhriathrach agus thug mi ann an deas-boireachd nach deanainn drùghadh air. Ghabh mi seòl eile air. Fhuair mi cuireadh o sgioba sgotha dol gu muir leò. Cha luaithe a bha cas nan iasgairean air sàile na dh' fhàg iad an leisg as an déidh. Gu h-ullamh, ealamh, leum gach fear gu àite féin. Ghlac an seann duine an stiùir: ann am prìoba na sùla bha fear aig seòl agus bha fear air caineab, agus a' cheathramh fear aig bun a' chroinn le sùilean biorach air machair na mara, agus claisteanachd cho geur agus gu'n cluinneadh e an leumadair-feòir. Leat feathachan gaoithe o'n tuath agus le dh' sàlath de sgòd bha am bàta a' siubhal le fonn. Ach aig Aird Mhic Laomuinn thuit an soirbheas agus cha robh ach suidhe ris na ràimh. Bha sgadan 's na caoil Bhòtach agus

bha an sruth an ceann. Ghlac am ministear Gallda ràimh, ach ma ghlac bha a bhasan bog maoth agus an craicinn a' bagradh éiridh 'n a mhìll ann an glaic a làimhe. Aig ceann leth-uair bha e glé thoileach an t-iomram fhàgail aig an sgioba. Uair an déidh uair, le fallus 'g an dalladh, dh' iomair na h-iasgairean agus aig dol fodha na gréine bha iad aig eilean na Losgann air sgrìob an sgadain. Thubhairt mi mar gu'm b' ann am feala-dhà ris a' mhinis-teir Ghallda gur e obair leisg a bha 's an iasgach, agus gu'n deanadh ablaich mheat gun neart gun stà sgioba bàta. Bha lasag 'n a shùil ach bha e glé ghann de chòmhradh. Cha robh gluasad air sgadan gu faisg air briseadh an latha agus bha an oidheche fadalach fuar. Bha na h-iasgairean blàth, seasgar, ach mo thruaighe! am ministear Gallda a rinn tàir air aodach an iasgair,—bha e air chrith leis an fhuachd agus gu h-iriosal, taingeil á ball aodaich o shean agus òg. Cha chuala mi facal tuilleadh air leisg nan iasgairean. Ach ged nach cuala thòisich mi air enuasachadh mu'n leisg agus thàinig mi chum a' cho-dhùnaidh so, ma 's dimeich an leisg gur dimeich i a tha ceangalte ann an tomhas beag no mór ris na h-uile. Chan ann am Bòt a mhàin a tha an t-olc. Thog an leisg a ceann glé thràth. Cha robh Adhamh féin saor o'n leisg, agus thug e an droch dhìleab so d'a shliochd. Bha meas de gach seòrsa a bha taitneach ri fhaicinn agus ri itheadh anns a' ghràdh, ach thachair dha a bhì faisg air ùbhlann na craibhe toirmisgte, agus a chionn gu robh i ri fhaotainn air bheagan dragha, chaisg e acras leis an ubhail. Bu daor a phàigh an saoghal air leisg Adhaimh.

Tha gaisgich dhubha Africa agus cheàrnan eile èasgaidh gu leòir an uair a shéideas an trompaid agus a bhuailear clag-ghairm a' bhogaidh, ach obair cha dean iad ma ghabhas i seachnadh. Is e na mnathan a tha a' deanamh am beagan àiteachaidh a bheir dhaibh an coirce-Innseanach is lòn dhaibh. Chan e an leisg uile gu léir is obhar do'n chleachdadh so, ach chan 'eil e fasanta do ghaigich-airm gné obair de'n t-seòrsa so a dheanamh. Ann an oisein iomallach no dhà de'n Ghàidhealtachd fàgaidh na fir na mnathan ag oibreachadh an fhearainn ged bhios iad féin 'n an tàmh. Tha na fir a' deanamh tàir air obair de'n ghné so. Gun teagamh cha sealladh taitneach e mnathan fhaicinn ri obair throm 'g an sàruchadh agus fir làidir a' feitheamh gus an tig an sgadan faisg air cladaichean tìreil, ach chan e an leisg a mhàin a tha aig bun na casaid so.

Tha iad a' cur iomadh gné obair ann an suara-

chas. Mur bheil mi air seachran 'n am bharail cha toil leis a' Ghàidheal obair an fhearainn. Is toigh leis treudan, caoraich agus crodh, machraichean farsuinn agus monaidhean gun chrìochan. Ann an tìrean eèin chan 'eil sluagh eile a bheil bàrr air na Gàidheal mar bhuachailllean spréidhe Bha am ministear Gallda ri fanoid air na criom-ain bheaga a bha fo bhuntàta agus coirce, agus sin féin air dhroch ghiollachd. Air Galldachd agus air Ghàidhealteachd tha na fearainn bheaga air an aon réidh, a chionn nach 'eil luach an déidh an saothrach. Air a shon sin, tha amharus agam gu'm bheil obair an fhearainn beagan an aghaidh a' chuilg do'n Ghàidheal.

Ach an uair a dhùnadh aon bhealach dh'fhosgladh am ministear Gallda bealach eile. Mar dhearbhadh air leisg nan Gàidheal thug e an aire nach 'eil bailtean móra 's an tìr. Chan 'eil simileirean toiteach a' dubhadh a mach nan speur anns an latha agus a' lasadh suas nan gleann anns an oidhche. Tha sàmh-char na leisge, ars' esan, air monadh 's air srath, goinne agus teamntachd a' cumhannachadh am beagan sluaigh a tha fathast anns an tìr. Gun teagamh, chan 'eil ùpraid nam

bailtean móra, cabhag agus driop ri fhaicinn. Chan 'eil beartas tric, no ionmhas pailt anns a' Ghàidhealteachd. Tha an dùthaich monadail agus chan 'eil am fearann brìghmhor. Chan 'eil gual no iarunn ri chladhach feadh nam beann. Ach far am bheil ùpraid malairt agus trainge obair tha an Gàidheal fo dheagh chliù mar fhear-obair agus cumaidh e suas a cheann féin de'n dreallaig. Chan e an leisg a tha cumail a sporain gann 'n a thir féin. Ged tha an tìr gun bhailtean móra agus na bailtean beaga suarach ann an suilean a' Ghoill is taitneach leis a' Ghàidheal na clachain agus na bothain anns am bheil blàths agus caomh-alachd. Cha do chuir an Gàidheal ùigh anns an t-saoghal cho mòr agus a rinn muinntir na h-àirde deas. Chan 'eil farmad aige ri luchd nam bailtean móra le'n ùpraid, le'n anshocair, le'n cealgarachd, agus le'n saoghaltas. Tha fios aige gu'm feum e aran làitheil, ach chan 'eil e deas gu aran na beatha a dhearmad.

Abradh càch gu 'm bheil e leasg ma thogras iad—chan 'eil iad 'ga thuigisnn—ach air mo shonsa is e mo dhùrachd, gu ma fada sàmhchair m'a chladaichean, coibhneas 'n a ghlinn, agus sìth 'n a chridhe.

A' Fàgail a' Ghlinne

THA truimead air m' inntinn
Bho fheasgar Di-haoin';
'S mi air fàgail mo dhachaidh
'N Gleann Garaidh nan craobh.

Gur tric bhios mi 'g amhare
Nam beamtan tha suas,
'S a' brùadar mu'n Fhaicheam—
Sruth Gharaidh 'n am chluais.

Thig loinnearachd Sambraidh
Air coille nan geug;
Bidh na sòbhraichean bòidheach
Mar òr 's a' Chreig Léith.

Cluinnear farum nan sealgair
Moch is anmoch 's an fhrìth
'S bidh gaisgeach nan cabar
Mu ghlaicibh Bheinn Tì.

Ach bidh mise air m' aineol
Far nach aithnichear mi,
Ag cuimhneach' gach aoibhmeis
A shoillsich mo chridh'.

Gu' m bu ghrinn leam bhi 'g éisdeachd
'S an réidh-mhaduinn chiùin
Seirm ceòlmhor Di-dòmhnach
Bho àros mo rùin.

Slàn, slàn leibh, a phrasgain
'S an robh tlachd agam riabh;
A bhi taisbeanadh Slàint duibh,
B' e m'aighear 's mo mhiann.

Ach a Dhia? bi mar bhuachaill'
Ag cuartach ar ceum;
Is stiùir sinn gu sàbhailt
Do Chànaain na gréin'.

Leis an Ollamh Tomas Sinton, nach maireann.

An inntinn dhìomhain

THA trìur no cheathrar 'g am iarraidh,
'S iad 'g am spìonadh le còir;
Aois, uaigh, agus blianachd,
'S inntinn dhìomhain 's i òg.

I gu h-iteagach, sgiathach,
Mar ian anns na neòil;
Làn eas-umhail do'n riaghladh,
O'n tha miann anns an fheòil.

'S léir gur uibhean ro luathrach,
A fhuair mi 'n a còir;

Oir mus dean i gur uair orr',
Cluinnear fuaime aig na h-eòin.
Ged a thuir mi gur luathrach,
Cìod a' bhuanachd sin dhòmhs';
Ma ni focal do shuarraich',
M' fhearg a bhuaireadh thar chòir.

I gu brosgulach, faoilidh,
'Ga mo shlaodadh air sgòd;
Gus na chuir i orm daorach,
Le saoghal nan sgleò.

Dòmhnall Mac Rath.

December

Cuairt na Gealaich

A' cheud cheathramh, 23mh là
An solus làn, 2, 31mh là

An ceathramh mu dheireadh, 10mh là
An solus ùr, 17mh là

“ Oir b'ì àithne an rìgh mu'n tìmchioll gu'm biodh cuibhrionn àraidh air an son,
a dh'ìghe féin air gach là.”—NEHEMIAH, XI. 23.

- | | | | |
|-----------------|---|-----------------|--|
| 1. Di-haoine | Is beannaichte an dream air a bheil acras agus tart na còrach.—Iosa. | 17. Di-Dòmhaich | <i>Gu tigh Dhe dh' imich sinn cuideachd.</i> —Salm lv. 14. |
| 2. Di-Sathuirn | Sàsuichear iad.—An urrainn cheudna. | 18. Di-Luain | Air feasgar, air maduinn, agus aig meadhon-là ni mi ùrnuigh.—Salm lv. 17. |
| 3. Di-Dòmhaich | <i>Shàsùich e an t-anam cìocrach, agus lion e an t-anam ocrach le maith.</i> —Salm cvii. 9. | 19. Di-Màirt | Cha leig e am feasd do'n fhìrean a bhi air a ghluasad.—Salm lv. 22. |
| 4. Di-Luain | An Dia a bheathaich mi ré mo bheatha uile gus an là 'n diugh.—Gen. xlviii. 15. | 20. Di-ciadaoin | Tha Dia ann an ginealach nam firean.—Salm xiv. 5. |
| 5. Di-Màirt | Deasaichidh tu bòrd fa m' chomhair.—Salm xxiii. 5. | 21. Di-ardaoin | Tha dùil againn ri nèamhan nuadha agus talamh nuadh.—2 Pèadar iii. 13. |
| 6. Di-ciadaoin | Bheir an Tighearna neart dha air leabaidh a thinn-eis.—Salm xli. 3 | 22. Di-haoine | Tha mìle bhadhna mar aon là aig an Tighearna.—2 Pèadar, iii. 8. |
| 7. Di-ardaoin | Bheir e cadal do fhear a ghràidh.—Salm cxxvii. 2. | 23. Di-Sathuirn | Togaibh bhur cinn oir tha bhur saorsa ann fagus.—Lucas xxi. 28. |
| 8. Di-haoine | Tha cadal oibriche milis.—Ecl. v. 12. | 24. Di-Dòmhaich | <i>An sluagh a bha siubhal ann an dorchadas chunnaic iad solus mòr.</i> —Isaiah, ix. 2. |
| 9. Di-Sathuirn | A Shimoin, a bheil thu ad chadal?—Marc xiv. 39 | 25. Di-Luain | Deaghsgeul: rugadh dhuibh an diugh Slànuighear.—Lucas ii. 11. |
| 10. Di-Dòmhaich | <i>Nach b'urrainn thu faire a dheanamh aon uair.</i> —Marc xiv. 37. | 26. Di-Màirt | Cuimhnich a nis do Chruithèar ann an làithean t' òige, m' an tig na droch làithean.—Ecl. xii. 1. |
| 11. Di-Luain | Dh' iarr Satan sibh, chum bhur criaradh.—Lucas xxii. 31. | 27. Di-ciadaoin | Cuimhnich la na Sàbaid a naomhachadh.—Ecsodus xx. 8. |
| 12. Di-Màirt | Ach ghuidh mise air bhur son.—Iosa. | 28. Di-ardaoin | Cuimhnich na làithean o chian.—Deut. xxxii. 7. |
| 13. Di-ciadaoin | Tha bhur nàmhaid an Dia-bhol, ag imeachd mu'n cuairt.—1 Pèadar v. 8. | 29. Di-haoine | Chuimhnich mi air Dia agus bha mi fo bhuaireas.—Salm lxxvii. 3. |
| 14. Di-ardaoin | Satan, a tha mealladh an t-saoghail uile.—Taisbean xvi. 9. | 30. Di-Sathuirn | Cuimhnich cia gearr m' àim sir.—Salm lxxxix. 47. |
| 15. Di-haoine | Chan 'eil sinn aineolach air innleachdan.—2 Cor. ii. 11. | 31. Di-Dòmhaich | <i>Cuimhnich an t-slighe sin uile air an do thèoraich an Tighearn do Dhia thu.</i> —Deut. viii. 2. |
| 16. Di-Sathuirn | Cuiridh e e-féin an cruth aingil soillse.—2 Cor. ii. 14. | | |



Aig toiseach na Bliadhna Uire

LEIS AN URRAMACH IAIN M. MAC AN ROTHACH, M.A., AN CILL MHÀRTAINN

THA móran ann, aig toiseach na bliadhna uire, a rùnaicheas gu'n glòraich iad Dia na's fire air feadh nam mìosan a tha ri teachd, gu'n lean iad Criosd na's dlùithe agus na's dìlse, gu'n dean iad seirbhìs na's dìchiollaiche, gu'n cog iad 's a' chath spioradail na's misneachail, agus, le oibreachadh gràis nèamhaidh annta, gu'm fàs iad na's mò ann am fireantachd, ann an naomhachd, agus ann an gràdh. Is maith, onorach, an rùn so gu dearbh; agus far am bheil e r'a fhaotainn tha mi 'n dòchas gu'm faigh gach leughadair solus, stiùradh, neart, agus gliocas, chum an rùn so a chur ann an gnìomh.

Tha 'n geata fosgailte air earrann eile d' ar turus anns an bi sinn air ar dearbhadh air iomadh dòigh, agus gu cinnteach air ar buaireadh gu tric; uime sin chan 'eil ni na's feumaile no na's glìce na so, gu'n éisdeadh sinn as ùr ri briathran an Abstoil agus gu'n gabhadh sinn gu toileach r'a chomhairle: "Guidheam oirbh, a bhràithre, tre thròcairean Dhé, 'ur cuirp a thoir 'n an ìobairt bheò, naomh, thaitnich do Dhia, ni as e 'ur seirbhìs reusonta. Agus na bithibh air 'ur comh-chumadh ris an t-saoghal so: ach bithibh air 'ur cruth-atharrachadh tre athnuadhachadh 'ur n-intinn, chum gu'n dearbh sibh cìod i toil mhaith, thaitneach, agus iomlan Dhé."

Aon uair eile tha 'n t-Athair mór agus gràdhach 'g ar gairm, ag ràdh: "Bithibh coisrigte: thugaibh gu taingeil na h-uile a tha agaibh; deanaibh gu cridheil na h-uile a tha 'n ur comas, chum 's gu 'm bi rioghachd na fireantachd air a meudachadh air thalamh;" agus is cinnteach mi gu bheil iadsan a' toiseachadh air a' bhliadhna uir air an dòigh as fhèarr a tha toirt freagairt do ghairm Dhé gun dàil, 's a' cur air altair na h-ìobairt gach tàlann, tìodhlac, agus cumhachd a th' aca, chum 's gu 'm bi toil Dhé, a thaisbein e d'a chloinn, air a deanamh leò, agus a chum 's gu 'm bi rùintean a' ghràidh air an coilionadh.

Ceum air cheum

Tha dà smuain ann, gu sònruichte airidh air ar n-àire 's an àm so. 'Si a' cheud smuain nach 'eil sinn glìce na dh'amhairceas sinn tuilleadh is fada romhainn. Is toigh leam an t-Abstol Seumas a dh'aindeoin na thubhairt Màrtainn Luther mu dhéidhinn na litreach a sgrìobh e; oir tha an t-Abstol sin furasd a thuigsinn, agus tha e daonnan a' cur ar dleasnais f'ar combhair gu simplidh agus gu soilleir. Anns a' cheathramh caibideil d' a litir tha e toirt rabhaidh do

gach neach a leughas no a chluinneas a bhriathran. The e ag innseadh nach 'eil fhios aig duine sam bith cìod a dh' fhaodas tachairt; uime sin, nach còir do dhuine sam bith a shùilean a shocrachadh tuilleadh is fada roimhe; oir chan urrainn e bli cinnteach aon chuid air uime no air ni sam bith eile. Gidheadh, tha mac an duine ullamh gu so a dheanamh. Anns na bliadhnanachan a dh' fhalbh, chunnaic e earrach agus samhradh, fogharadh agus geamhradh a' leantuinn a chéile gu riaghailteach; na h-uile nithean a' dol air an aghaidh mar a b' àbhaist. Agus mar a dh'amhairceas e air ais air a bheatha fhéin tha e faicinn far an do shoirbhich leis 'na ghnòthuichean saoghalta do bhrìgh gu'n robh e eudmhor, dìchiollach; far an do choisinn e a' bhuaidh agus far an do sheachainn e mìfhortan agus callachd do bhrìgh gu'n robh e faicilleach.

Aig an àm cheudna, tha e faicinn far an deachaidh e air seachran; far an d' rinn e iomadh mearachd; far an do chaill e iomadh cothrom gu h-amaideach, agus far an d' thàinig e goirid. Bho na nithean sin uile a thachair, 's iomadh leasan tha e ag ionnsuchadh, ag ràdh ris fhéin: "Tha mi na 's glìce an diugh na bha mi an uiridh, agus bithidh mi na's glìce fhathast. Théid nithean air an aghaidh mar dh' fhalbh iad cheana. Mar an là 'n diugh bithidh am màireach, mór thar tomhais. An diugh no am màireach théid mi do'n bhaile so, caithidh mi bliadhna an sin, ni mi ceannachd agus gheibh mi buannachd." Na smaoinichibh mar so 'na labhraibh mar so, tha an t-Abstol, mar gu 'm b' ann, a' toirt freagairt, "an uair nach 'eil fhios agaibh cìod a thachras am màireach. Ach is còir dhuibh so a ràdh daonnan: Ma's toil leis an Tighearna, bithidh sinn araon beò agus ni sinn so no sud." Nach feumail rabhadh an Abstoil; nach glìce a chomhairle? Thugamaid an aire agus leanamaid a chomhairle a h-uile là.

Solus anns an dorchadas

An dara smuain. O'n is fìor e gu bheil sinn cho aineolach air na dh' fhaodas tachairt, nach iarr sinn air ar n-Athair nèamhaidh gu'n stiùradh e sinn ceum air cheum air feadh na bhliadhna so? 'S e sochair mór a tha ann gu bheil cead againn ùrnuigh a dheanamh ris uair sam bith a thogras sinn, agus stiùradh a shireadh gun neach no ni a' tighinn eadar esan agus ar spiorad. Tha dearbhaidhean lionmhor agus do-àicheadh againn gu bheil Dia a treòrachadh

nan-uile a tha feitheamh ris le foighidinn. Faodaidh sinn a bhi cho dearbh-chinnteach air an fhìrinn 's a bha an Salmadair fhéin an uair a sgrìobh e : “ Ann an dorchadas éiridh solus do na daoine tréibhdhìreach,” no cho cinnteach 's a bha sgrìobhadair Leabhar nan Gnath-fhacal an uair a thubhairt e : “ Ann ad uile shlighean aidich e, agus nì esan dìreach do cheumannan.”

Ach an uair a chromas sinn sìos aig stol-coise caithir-nan-gràs bitheamaid gu sònruichte faicil-leach air eagal nach iarr sinn toil an Tighearna ach ar toil féin. Ann an Leabhar an fhàidh Jeremiah tha iomradh againn air cuid a rinn ùrnuigh mar sin. Thubhairt iad ri Jeremiah : “ Bitheadh ar n-ath chuinge, guidheamaid ort, taitneach ann ad làthair, agus dean ùrnuigh air ar son ris an Tighearn do Dhia gu'n seòladh e dhuinn an t-slighe anns an gluais sinn agus an nì a tha sinn r'a dheanamh. Bithidh an Tighearn 'n a fhianuis fhìor agus dhìleas eadar-uinn mur dean sinne gach nì air son an cuir Iehobhah do Dhia d' ar n-ionnsuidh thu. Ma's maith no ma's olc e bheir sinn géill do ghuth Iehobhah ar Dia.”

Bu fhreagarrach gu dearbh na facail sin air am bilean, agus b' iomchuidh air a h-uile dòigh an spiorad iriosal agus umhail a nochd iad. Ach an uair a dh'innis am fàidh dhoibh ciod a bu toil le Dia gu'n deanadh iad, an robh iad iriosal,

umhail? Do bhrìgh nach robh am freagradh a réir an toile féin, dhì-chuimhnich iad am bòidean gu nàrach, agus thubhairt iad ri Jeremiah : “ Is breug a tha thu a' labhairt.” Ghabh iad gu h-amaideach an slighe féin, agus air an aobhar sin bu mhór an call, araon ann an nithean aimsireil agus ann an nithean spioradail.

Na bitheamaid coltach riu, ach an uair a bhios sinn fo iomaguin, 's an iom-chomhairle eadar dhà bharail, gun fhios againn ciod is còir dhuinn a dheanamh, thugamaid aire mhaith nach bi sinn a' toirt tàmailt air Dia le bhi sireadh a stiùraidh agus an sin 'g a dhiùltadh. Treòraichidh Dia sinn gun teagamh, ma bhios sinne ullamh gu a stiùradh a leantuinn gun cheisd, agus ma lùbas sinn ar glùinean 'n a làthair ag ràdh : “ Na biodh e mar is àill leam-sa, ach mar is toil leat-sa, a Thighearna.” Chan iarr neach sam bith stiùradh Dhé an diomhain a dh'aslaicheas anns an spiorad so agus an rùn so 'n a chridhe.

Rach air d'aghaidh, uime sin, gu dòchasach, a leughadair; thoir do Dhia mar is còir aoradh agus urram, ùmhlachd agus seirbhis; na bith-eadh ro-chùram ort mu'n là màireach; earb a Dia, ciod air bith a thachras; lean Crìosd gu dlùth agus gu creidmheach; agus am bliadhna, 's a h-uile bhadhna a bhios tu air do thurus an so, bithidh gach gealladh beannuichte air a choilionadh 'n ad bheatha gu gràs-mhor.

Annas an dùthaich thall

LEIS AN URRAMACH IAIN MAC AONGHUIS, M.A., ANNS A' CHIONGHAIL

ANS an àireamh so tha mi air son cunntas a' aithghearr a thoirt dhuibh air cuid de na cleachdaidheana tha co-cheangailte ri creidimhean am measg sluagh nan Innsean.

Chan 'eil mi air son dad a sgrìobhadh a leugh mi a mhàin ann an leabhraichean. Tha leabhraichean mu dhéidhinn creidimhean nan Innseanach pailt, ro-phailt. Ma tha sibh dèonach air an leughadh, gheibh sibh iad á Leabhrachan Saor Charnegie ann an Dunfermline.

Air an duilleig so, aithrisidh mi dhuibh beagan de na b'urrainn dhuibh fhéin fhaicinn agus ionnsachadh na'm bitheadh sibh a' fuireach anns an dùthaich sin air son tiotan.

Tha sluagh nan Innsean air an roinn eadar na Hindoos agus luchd-leamhuinn Mhohamet. Tha dà cheud gu leth muillein de na Hindoos ann, agus na's lugha na ceithir fichead muillein de shliochd Mhahomet. 'Nuair a chluinneas sibh gu bheil airmhreit agus ùpraid a' dol air aghart, faodaidh sibh a chreidsinn gu bheil an dà bhuidheann sin an claignn a chèile.

Tha creud agus Biobull aig na Mahometanaich. 'Se ainm a' Bhiobull aca-san an Qoràn. Is e sin leabhar a sgrìobh Mahomet, a dh' fhàg e mar thiomnadh aig a dheisciobuil. Tha an Qoràn a'

toirt urram do fhàidhean agus naoimh an t-Seann Tìomnaidh; do Abraham, do Dhaibhidh, do Sholamh, do Elias. Tha e toirt imbhe àrd do Chrìosd.

Bha mi ann an Mosque mór ann an Ierusalem. Chunnaic mi caibeal beag a bha air a dheasachadh gu h-òirdheare, le cùirtearean àluinn, le obair òir agus airgid, agus le clachan prìseal. “ Dé tha so,” arsa mise ris an Arabianach a bha còmhla rium. “ Tha an caibeal so ” arsa esan, “ coisrigte do Isu Ibn Miriam (is e sin Iosa Crìosd). Anns an chreidimh againne, canaidh sinn ‘ Spiorad Dhe,’ ris, agus tha sinn a' creidsinn gur e is àirde de na fàidhean a thàinig roimh Mhahomet.”

An creud goirid

Tha creud aig na Mahometanaich cuideachd, dìreach mar a tha Creud nan Abstol againne. Tha e goirid. Is e so e. “ Chan 'eil Dia ann ach Allah agus is e Mahomet fhàidh.” Rinn-eadh an creud sin an aghaidh luchd an iodhal-aoraidh, agus gu dearbh bha feum air anns na h-Innsean co dhiubh. Chan fhaic sibh iodhal no iomhaigh ann am Mosque. Tha iad toirmisgte. Cha mhò chi sibh àite-suidhe no

cathair. Aig àm aoraidh tha iad a' sgaoilleadh brat-ùrlair air an làr. Agus air a' bhreat-ùrlair sin tha iad a' lùbadh an glùn ann an ùrnuigh. Tha cùbaid ann air son a' mhinistir no "moulvi" mar a chanas iad. Ach chan 'eil altair no bòrd-comanaichidh ann.

Tha a' ghealach ùr agus rionnag na h-achlais, suaicheantas an creidimh, an còmhnuidh air a nochdadh air bidean air mullach gach mosque. Tha agus bha mòran argumaidean smearail aig diadhàirean Mhohamet, ach anns na linn-tean a chaidh seachad, is e an argumaid bu chomasaiche an claidheamh. 'Nuair a bha an comas aca, is e am bàs an aon bhlinn a gheibheadh am fear sin a dhiùltadh 'anam a ghéilleadh do Dhia Mhohomet. An diugh chan 'eil iad cho borb. Is dòcha gur e cion a chomais a tha ceàrr.

'Nam measg fhéin chan 'eil teagamh nach 'eil iad bràtharail agus coibhneil. Tha iad a' cur meas mór air aoidheachd. Ma bhlaiseas duine air aran agus salann còmhla ri neach, tha e mar fhiachaibh air an neach sin a dhion le a bheatha. Tha an t-aran briste air a chunntas mar chùmh-nant.

Tha feadhainn ag ràdh gu bheil na Mahometanaich a' fàs neo-shuimeil mu dheidhinn an creidimh; nach 'eil iad cho eudmhor 's a bha iad. Anns na dùthchanna tha faisg air an Tuire, tha mi creidsinn gu maith gu bheil sin fior. Bha mi aon fheasgar aig àm dol fodha na gréine air mullach Beinn Olivet. Aig an uairsin gach latha tha am "muezzin" air a ghlaodhach far bidein gach stèipeil. Am muezzin, is e sin "gairm gu ùrnuigh." Bha stipeal Mahometanach (minaret, mar a chanas iad) beagan shlat air falbh. Chuala mi a h-uile facal de'n ghairm, ged nach do thuing mi facal ach Allah Akbar (Dia Uile-chumbhachdach). Bha Mahometanach 'nan seasamh timchioll, ach cha do lùb aon aca glùn. Chuir an gnothuch sin ionghnadh orm. Chan e gu bheil iad a' teannadh na's dlùithe ris a' chreidimh againne. Tha iad cho rag-mhuinealach an aghaidh an t-soisgeil 's a bha iad riamh. Is ann tha eagal orm gu bheil mòran diubb, anns na dùthchanna a bha fo'n Impireachd Thureachd a' dol faisg air a bhi tréigsinn gach gné creidimh. Tha an sean-fhacal ag ràdh "Am fear as fhaigse air an eaglais, is fhaide e o ghràs." Ghineadh an creideamh so ann an Arabia. 'S e Mecca sàr-bhaile naomh a luchd-aidmheil air feadh an t-saoghail. Ach 's e mo bheachd gu bheil iad na 's dilse do reachdan Mhohomet anns na dùthchanna a tha fad as, anns na h-Innsean.

Chaidh mi aon latha a choimhead air mantsa Mahometanach a bha fuireach ann am bazaar beagan mhiltean bho Mhiansa na Duars ann am Bengal. Bha cunntas agam ri phàigh-eadh no gnothach air choireigin ri a dheanamh. Dh' iarr mi air a' bhalach a bha a' frithealadh anns a' bhùthaidh brath a thoirt do a Mhaighistir

gu robh mi air son fhaicinn air son tacan. Thàinig e air ais gu h-ealamh, a' giùlan na teachdaireachd so, "Tha Noor Mahomed ag ùrnuigh ri Allah, agus cha bhi e ullamh air son leth-uair."

Am fàs-gadair gun sgiathan

Glé thrìc chithear duine àrd dìreach, "tur-ban" mór air a cheann, feasag air a pheircill, sùilean gorm na 'aodann, agus craicinn soilleir air, slat agus bann airgid orra 'na làimh, a' gluasad o thigh gu tigh. Tha dà sheibhiseach 'ga leantainn le màlaidean air an drùm. Cia as tha esan? Tha a' Kashmir no á Afghanistan, Kabulli, mar tha na h-Innseanaich. Bithidh e a' taghal air tighean nan daoine geal a reic sìoda agus soithichean umha air an dealbh gu h-iongantach. Bithidh e a' taghal air na h-Innseanaich, gu h-àraidh na Hindoos, air son malairt a dheanamh ann an airgiod. Ma tha iasad a dhìth air Innseanach, agus cò an t-Innseanach air nach 'eil sin a dhìth, tha airgiod gu lèor aig a' Khabulli. Agus tha e toilichte gu lèor a thoirt seachad. Feumar urras a bhòideadh, agus feumar riadh a dhioladh. Ach de air sin? Bheireadh an Hindoo bochd a sheanmhair seachad air son nan dolairean bòidheach geala fhaighinn 'na dhòrn, agus air son riadh chan 'eil ceud no ceud gu leth anns a' cheud ach riadh choguis each anns an dùthaich so. Chan e gu'n cuireadh a choguis mòran dragh air a' Khabulli. 'S e Mohametanach tha annsan, agus chan 'eil anns na Hindoos ach luchd-iodhal-aoraidh, sluaigh neòghlan a tha fo dhèicadh Dhe co dhiubb. Mar sin carson nach creachadh e na h-Eiphitich? Carson nach lomadh e an sluaigh mallaichte?

Thàinig fear dhiubb a thaghal orm aon latha, a mhàlaidean 'ga leantainn. Dé na goireasan nach robh aige-san? Sgaoil e a chuid air ùrlar an verandah. "Bha fear dhe do sheòrsa an so air an t-seachduinn so chaidh, agus cheannaich mi bhuaithe," arsa mise.

"Tha fhios agam," arsa esan, "Is maith is aithne dhomh e. Meirleach gun choguis; trusdar; duine an-diadhaidh," agus mar sin sìos gu fileanta. Air dha am facal an-diadhaidh a' ràdh, thionndaidh mi an còmhradh gu diadhachd agus creidimh. "Is e duine ceart, duine diadhaidh, tha annam-sa," arsa esan. Thòisich e air rùdhrach ann an oisein plaid agus thug e mach tòrr chùntais is iuchraichean is airgiod paipear agus leabhar beag. Thagh e mach an leabhar beag. "Is e so an leabhar ùrnuigh agam-sa. Tha mise dileas ann a bhi cumail àithntean an fhàidh," arsa esan. Tha mi creidsinn gu robh e sin, ged chuir a bhriathran beagan 'nam chuimhne an sgeul a dh'innis Iosa mu thimchioll Pharasach agus cis-mhaoir àraidh. Ach bha smear na cùise aige. Bha e

a' cumail a leabhar cunntais agus a leabhar ùrnuigh anns an aon phòcaid.

Leabhraichean naomh

Ach b'è na Hindoos a b'fheàrr a b'aithne dhomh. Tha na Mohametaich a' creidsinn ann an aon Dia. Agus tha creud goirid aca a tha soirbh r'a thuigsinn. Ach tha diathan do-àireamh aig na Hindoos agus chan 'eil creud idir aca. Tha leabhraichean naomha aca a thàinig a nuas o shean, ach mar a thubhairt an cìobair Earra-Ghàidhealach mu dheidhinn Gàidhlig a' mhinistir Ghallda, cò thuigeas iad! Bhiodh e duilich do Hindoo a dhol am mearachd a thaobh creidimh. Cha do chuir abstoil no seanadhsios puingean d' am feumar aontachadh. Faodaidh Hindoo rud sam bith a thogras e a chreidsinn. Mar sin tha an diadhaireachd Hindoo mar lios gun ghàrnalair. Tha luibhean dona agus maith a' fàs gu fiadhaich ri taobh a chèile. Tha aon teagasg anns a bheil na Hindoos gu léir a' creidsinn. Is e sin Karma. Dé is ciall do'n fhacal neònach sin? Tha so. Gu bheil an aon anam a' dol troimh iomadh breith agus iomadh bàs. Bithidh an ath bhreith dìreach a réir mar a ghiùlain an t-anam e fhéin anns a' bheatha so. Ma rinn thu gu maith anns a' bheatha so, gheibh thu sonas agus deadh-fhortan anns an ath bheatha. 'Se gnìomh is buannaiche 's urrainn neach a dheanamh a bhì maith do na sagairt, agus tiodhlacan a thoirt do na teampuill. 'Se mì-mhodh no ana-cothrom a thoirt do na sagairt gnìomh is miosa a ghabhas deanamh. Am fear a nì sin, anns an ath bheatha, breithear e 'na ainmhidh, 'na mhuic, na sheilcheig, na bhoidhteig, no 's dòcha 'na luibh.

Air an dòigh so tha ceartas air a dheanamh. Tha an t-aingidh a' dioladh a réir a pheacaidhean. Tha am firean a' seallbhadh a réir ionracais. Anns an dòigh so tha na Hindoos a' cur an aonta ris an fhàrrinn: "Ged dh' iadhadh làmh mu làmh cha téid an t-aingidh as gun pheanas."

Ach anns a' chreidimh Chriosduidh, tha an gealladh ann gu bheil maitheanas a' feitheamh air an neach a nì aithreachas air son a lochdan. Ach tha Karma a' fòghlum nach 'eil maitheanas r'a fhaotainn air dòigh sam bith. Tha gach beatha agus gach tuiteamas a' leanntainn òrduighean nan Dàin. Agus cò is urrainn cogadh an aghaidh nan Dàin. Chitear lagh Karma sgrìobhta gu soilleir air aghaidh na h-Innsean an diugh. 'Tha e marbhadh dòchais, féin-chuideachaidh, agus stri an anama air son feabhas aimsireil agus spioradail. Ma tha neach a' giùlan trom uallach, ma tha e a' fulang bochdainn, no euslaint, no cruaidh fhortan, cha ghabh e cuideachadh. Tha e fulang nan nithean sin air son eucorachd a rinn 'anam ann am beatha eile. Agus chan 'eil furtachd r'a fhaotainn o na diathan an aghaidh Karma.

Oir tha na diathan fhéin fo chumhachd Karma. Tha sin buileach cadar-dhealaichte o'n teagasg Chriosduidh air Roimh-òrdachadh. Oir is e Dia an t-Athair a tha a' roimh-òrdachadh. Agus tha esan làn coibhneis-gràidh agus caomh-throcairean. Ach tha lagh Karma gun truas, gun choibhneas, gun cho-fhaireachduinn. Tha Dia an t-Athair pearsanta, ach tha lagh Karma mì-phearsanta (ma tha leithid sin a dh' fhacal anns a' Ghàidhlig).

Roinnean is sreathan

Tha na Hindoos air an roinn ann an còrr is dà mhìle "Jat" mar their iad anns a' chainnt Inseanach, no "caste" mar their iad anns a' Bheurla Shasannaich. Tha 'inbhe fhéin aig gach "caste." Air mullach an fhàraidh tha na Brahmins. Aig bonn an fhàraidh tha na Sudras; na daoine a tha deanamh obair shalach (is e sin salach a réir lagh nam Brahmins).

Agus fodh na feadhach sin, tha na daoine truagha sin aig nach 'eil "caste" idir. Ann an aon dòigh tha na "castes" coltach ris na fìneachan Gàidhealach. Tha gach neach a' giùlan mar shloinneadh no mar ath-ainm, ainm a' chaste do'm buin e. Ach chan aidicheadh Caimbeulach gu bràth gu robh Dòmhnallach na b'fheàrr na e fhéin 'na chòir-bhreith. Chan aidicheadh Clann Mhic Aoidh gu'n robh Clann Mhic Coinnich a' seasamh air inbhe os an cionn. Ach tha àite agus inbhe gach "caste" air an òrdachadh.

Tha feadhain uasal agus feadhain ìosal, agus cha ghabh an gnotluch atharrachadh air dòigh air bith. Tha riaghailtean glé chiogailteach aca mu thimcheòll bidh agus deoch. Ma shuathas duine ìosal biadh no deoch, no ma làimhsicheas e iad air dòigh sam bith, tha am biadh sin neòghlan. Tha am biadh sin toirmisgte do neach a bhùneas do chaste as àirde. Cha ghabhadh Brahmin deoch o làmh Sudra ged bhiodh e a' bàsachadh leis a' phathadh. Cò dhiubh canaidh e sin. Na'm faicte e a' deanamh a leithid sin, chailleadh e "caste." Chan fhaodadh a luchd-dàimh, eadhon an neach bu dlùithe dha, itheadh còmhla ris no co-chomunn a bhì aige ris. Ma bhios e air son a' bhùin sin a thogail dheth, feumaidh e suim mhaith airgid a thoirt seachad. Leis an airgid deasaichear cuir, agus cuirear fàilt air a' mhac struidheil. "Bha e marbh agus tha e beò a ris. Bha e caille agus fhuaradh e."

Mar sin, chan urrainn neach biadh a dheasachadh air son Hindoo mar buin e do'n aon "Chaste," no "caste" is àirde. Ma bhios duine beartach, bithidh e a' cumail còcaire Brahmin, ged bhùineadh fear-an-tighe fhéin do "chaste" ìosal. Le leithid sin a chòcaire faodaidh e bòsd a dheanamh gu'm biodh e ceadaichte do neach sam bith, àrd no ìosal, itheadh aig a bhòrd.

Clann Ishmael

Chan 'eil teagamh nach 'eil na " outcastes " a' faotainn ana-cothrom mór o làimh nam fineachan a tha os a cionn. Ann am móran àitean, gu h-àraidh anns an taobh deas, chan fhaod iad uisge a tharruing as an aon tobar; chan fhaod an clann suidhe anns an aon sgoil, ri cloinn dhaoine eile. Chan fhaod iad ceum a chur a stigh ann an teampull, air son aoradh a dheanamh do na diathan. Ach chan 'eil an cuid airgid idir neo-ghlan. Gabhaidh na sagairt na gheibh iad. Is e an rud is miosa dheth, gu bheil na " outcastes " fhéin a' dearbh-chreidsinn gu bheil iad anns an ìmbe a tha iad air son am peacaidhean ann am beatha eile. Ach tha móran dhiubh a' tionndadh do'n chreidimh Chriosduidh.

Tha a' mhuc-neo-ghlan do na Mohametaich. Tha a' bhò naomh do na Hindoos. 'Nuair a bhios sliochd an fhàidh airson fearg a chur air luchd an iodhal-aoraidh, marbhaidh iad bò faisg air teampull agus ni iad cuirm. 'Nuair a bhios na Hindoos airson masladh a chur air na Mohametaich, marbhaidh iad muc agus caitlhidh iad i, air feadh na h-oidhche, a stigh ann am Mosque. 'Nuair a thachras sin, creidibh mise, bithidh horo-ghcallaidh ann.

Tha a' bhò naomh agus mar sin chan 'eil e ceadaichte a marbhadh no a feòil itheadh. 'Se gnìomh ro-mhaith a tha ann crodh a chumail ged nach toireadh iad tairbhe sam bith do'n neach a tha 'gan cumail. Mar sin tha móran a bharrachd cruidh 'g an cumail na tha feum orra. Tha e toirmisgte mar a mharbhadh ach chan 'eil e toirmisgte leigeil leatha bàsachadh le cion bidh. Mar thubhairt am bàrd Sasannach ann an cainnt air nach urrainn mise snas a chur ann an Gàidhlig :

" Thou shalt not kill but needst not strive
Officiously to keep alive."

Aig an Uinneig

An t-Urramach Niall Mac Leòid

CHAOCHAIL NIALL MAC LEÒID, a bha C'n a mhinistear an sgìr Lagaidh, an siorramachd Rois, air a' chòigeamh là deug de cheud mhios a' gheamhraidh. Cha robh e 'n a shlàinte o chionn còrr agus bliadhna; ach ged bha dùil aon uair gu'n rachadh e na b' fheàrr bha an dùil sin gun stàth.

Bha e air a shuidheachadh an Lagaidh ann an 1896, ach ged d' fheuch coimhthionaillean eile, o àm gu àm, ri thàladh air falbh bha e làn thoilichte le chrannchur is chan éisdeadh e riù. Bha e toilichte am measg a dhaoine féin is bha iadsan toilichte leis.

Cha b' aithne dhòmhsa am fear nach maireann,

Uamhasan na h-oidhche

Tha creideas mór aig na Hindoos ann an taibhsean. Ma thig tinneas, no cruaidh-fhortan eile, 's e *bhut* no taibhse a dh' aobraich e. 'S e an taibhse as miosa a tha ann, anam mnatha a chail a beatha ann an saothair breith. Cha téid duine mach air an oidhche gun solus. Ma chi iad duslach ag éirigh o'n rathad le gaoth-chuartalain, 'se taibhse tha ann. Cumaidh iad air falbh bho'n ghàbhadh. Ma gheibh duine bàs ann an tigh, 'se taibhse a rinn e. Glé thric loisgidh iad an tigh, agus togaidh iad beagan air falbh e.

Ann an teaghlach, tha meas mór air na balaich, ach chan 'eil iad ach caran suarach mu na caileagan. Tha e 'na mhasladh nigean a bhi gun phosadh as déidh dà bhliadhna dheug a dh'aois. Agus feumar tochradh a thoirt air falbh leatha do'n fhear a ghabhas i. Agus glé thric air son an tochruidh feumaidh a h-athair iasad a ghabhail. Ach tha pàrantan a' deanamh deadh thairbhe air na balaich. Oir 'nuair a phòsas iadsan, gheibh gach fear dhiubh suim mhaith aig àm a' phosaidh o athair-ceile. Agus tha an t-airgid sin a' fuireach anns an teaghlach, oir tha na mic agus am mnathan a' fuireach anns an aon dachaidh ri'm pàrantan.

Os bàrr air sin, feumaidh neach mac a bhi aige air son an dleasdanas deireannach a choimh-ionadh a thaobh athar. Mas cuirear corp an duine mhairbh air an tèine air son a losgadh, feumaidh a mhac is sine a chlaigeann a sgàineadh air son anam an duine mhairbh a leigeil as saor.

Tha aon chleachdadh neònach aig na fir, a mhothaicheas coigreach glé ealamh. Tha iad a' lomadh an cinn glé mhaol, ach tha iad a' fàgail topan fuil air mullach an cinn. Tha sin airson gu'm faigh na h-ainglean greim ceart orra chum an giùlan do nèamh.

ach o chionn ghoirid sgrìobh fear d'a choimhearsnaich anns a' Chléir thugam, an t-Urramach Coinneach Mac Leòid, M.A., an Cinn-chàrdain, ag innseadh dhomh ciod an seorsa duine a bha ann, agus an gaol agus am meas a bha aig a' choimhthional air. So mar labhair Coinneach Mac Leòid uime: " Bha e 'n a shearmonaiche maith; aig àm comanachaidh gu sònraichte bu tearc iad a bha cho sòluite no cho drùidhteach ris; bha e bràithreil agus deas gu cuideachadh le a choimhearsnaich anns a' mhinistrealachd. Cha d' ardaich e riamh e féin ach dh' ardaich e a dhreuchd, mar theachdaire an Tighearna Iosa Crìosd. Duine ceanalta gun ghò, agus caraid aig an robh cridhe blàth, iriosal is treibhdhireach 'n a dhòighean;

aodhair dichìollach agus soisgeulaiche taghta, b' e sin Niall Mac Leòid, agus b' e sin am beachd a bha aig uile luchd-eòlais air."

An t-Urramach Teàrlach Mac Laomuinn

Ged nach b' ann anns a' Ghàidhealtachd a shaothraich Teàrlach Mac Laomuinn bhatar 'g a chunntas am measgmhinistearan Gàidhealach, is bha mòran d'a sheann chompanaich anns a' Ghàidhealtachd duilich a chluinntinn gu'n do shiubhail e an Glaschu bho chionn ghoirid.

B' ann do Thiriodh a bhuineadh e; an déidh dha bhì air oileanachadh an Ard-sgoil Ghlaschu, agus an Oil-thigh Ghlaschu, agus an Collaist na h-eaglais Shaoir, agus a bhì greis 'n a fhear-cuideachaidh air a' Ghalldachd, bha e air a shuidheachadh os cionn na h-eaglais Ghàidhealaich am Baile-an-t-salainn, far an do chruinnich e ri chéile coimhthional maith agus far an do shaothraich e le dilseachd is dichìoll mòr uile làithean a mhinistrealachd. Bha e 'n a shearmonaiche maith, agus maith air tadhall air a choimhthional 'n an dachaidhean féin.

Ma 's maith mo chuimhne chan 'eil Gàidhlig air a searmonachadh am Baile-an-t-salainn a nis idir ach bha i air a searmonachadh iomadh bliadhna an déidh do Thearlach Mac Laomuinn dol ann. Chan 'eil combarradh follaiseach ri fhaicinn air Gàidhlig a bhì beò an diugh an siorramachd Air ach a mhàin gu bheil dhà no trì dh'òrain air an seinn uair 's a' bhliadhna ann an Cill Mheàrnaig.

An déidh a' chogaidh bhris air slàinte Mghr Mhic Laomuinn, is b' fheadar dha uallach a' choimhthionail a leigeil dheth. Ach gach greis a gheibheadh e na b' fheàrr bha e dol air ais gu obair, agus o chionn bliadhna no dhà rinn e cuid mhaith de shearmonachadh anns a' Ghàidhealtachd. Fad bhliadhnanachan bha e 'n a cheann-suidhe air a' Chomunn Thirisdeach.

Anns na bliadhnanachan mu dheireadh bha e a' fuireach ann an Glaschu far an do shiubhail e. Dh'fhàg e bantrach agus dà mhac as a dhéidh.

Dùthaich gun diadhairean

Ged tha na Gàidheil air an cumntas 'n an daoine cràbhach a tha fo bhuaidh an t-saoghail neo-fhaicsimich, agus ged bha ministearan anns a' Ghàidhealtachd a bha fileanta mar shearmonaichean, cha d'àraich sinn riamh diadhairean dhuinn féin. Fhuair sinn ar diadhachd agus ar beachdan an iasad bho dhaoine eile, gu sònraichte bho na diadhairean ris an abrar na Puritans Shasunnach, agus theagamh gu'n cuir sin solus air iomadh rud neònach ann an eachdraidh na h-eaglais anns a' Ghàidhealtachd. Chan aithne dhomh ach aon mhinistear Gàidhealach a tha seasamh anns an t-sreath-thoisich mar dhiadhair, ach bha esan gun urram 'n a thir agus 'n a dhachaidh agus 'n a linn féin, an t-Urramach Iain Mac Leòid Caimbeul, a rugadh

an Cill an Inbhir. Chan fhaca mi riamh searmon Gàidhlig, no mineachadh air puingeann diadhachd ann an Gàidhlig, a b' fhiach dhuith a thionndadh gu Beurla. Ach air a shon sin bidh ar slugh-ne a' bòilich mu na seann diadhairean a bha againn, agus a' caoidh nach 'eil an leithidean againn an diugh. C' àite an robh iad? Bha searmonaichean làidir labhrach smachdail againn, ach cha robh diadhairean againn. Tha aon bhuaidh shònraichte a dh' fheumas a bhì aig diadhair daonnan, *misneach agus saorsa 'n a imtinn*, ach is e sin buaidh nach robh agus nach 'eil aig na Gàidheil mar chinneach. Tha misneach 'n am fuil ach chan 'eil misneach 'n an imtinn. A réir mo bheachd-sa co dhiu, is e an dà fhàiligh as mò anns na Gàidheil, bòilich agus cion misnich, misneach spioradail, agus is dona an dà fhàiligh sin féin. Co dhiubh a thogas tu paipear naigheachd no paipear eaglais anns a' Ghàidhealtachd gheibh thu an dà rud so anna daonnan, bòilich agus eadar-theangachadh o 'n Bheurla, mar gu'n robh eagal orra dad a ràdh as an cinn féin. Air neo mar gu'n robh amharus aca nach 'eil dad 'n an cinn féin as fhiach dhaibh a ràdh.

An labhran-sith

Sin an inneal ris an abair iad anns a' Bheurla an *wireless*, inneal a rinn barrachd atharrachaidh air an t-saoghal agus air cleachdaidhean dhaoine na rinn uile armailtean nan cinneach. Ach chan 'eilear a' faicinn crìoch a' ghnòthuch fhathast, no a' tuigsinn ciod a tha air thoiseach oirn. Tha maith agus ole, nèamh agus ifreann, ri bhì air an dearbhadh uaireigin leis an labhran-sith.

Tha dà rud ann a bhios a' cur dragh air inn-tinnean mhinistearan a tha ag oibreachadh air an dùthaich, (1) nach 'eil an òigridh a' dol do'n sgoil-oidhche mar b' àbhaist dhaibh, agus (2) nach 'eil daoine a' dol do'n t-seirbhis fheasgair air là na Sàbaid mar b' àbhaist dhaibh. Theagamh gu bheil iomadh aobhar a' comb-oibreachadh maille ri cheile ann a bhì cumail dhaoine air an ais o'n sgoil-oidhche agus o'n eaglais, ach is e an t-aobhar as mò a tha 'g a dheanamh, gu bheil labhran-sith anns a' cheathramh tigh air feadh na dùthecha an diugh. Tha na miltean barrachd dhaoine ann an sgoil-oidhche anns na làithean so na bha riamh roimh innte, oir tha an labhran-sith 'g an teagasg agus 'g an oileanachadh mar nach b' urrainn am maighstir-sgoil a dheanamh. Ciod an dòigh as fheàrr air imtinnean dhaoine fhosgladh na bhì ag éisdeachd ri seachnas réidh ciallach o dhaoine tùrail d' an aithne an gnòthuch agus na cuspairean air am bhì iad a' bruidhinn.

An uair a bhios mi a' dol mu'n cuairt air mo thurasan anns an sgìreachd bithidh uiread de sheann daoine, agus de dhaoine òg cuideachd, a' bruidhinn rium mu shearmoin a chual iad

air an labhran-sìth 's nach urrainn mi gun bhì taingeil gu bheil am meadhon-gràis so aca.

Ann an gleann iomallach am meadhon Albainn, a bha roimh so fada fada air falbh as an t-saoghal, bhithinn an dràsd 's a ris a' dol a dh'fhaicinn scana bhoirionnach breòite nach d'fhàg taobh an teine o chionn fichead bliadhna. Aig na h-amannan sin bhithinn ag innseadh dhi ciod a bha dol air aghaidh air feadh na dùtchea, is bha mo chéilidh agus mo naigheachdan 'n a thoileachadh dhi ged nach biodh an còrr eadar-uinn ach sin féin. Ach bhiodh seirbhis bheag againn cuideachd, leughadh agus ùrnuigh.

Feasgar Sàbaid anns an t-samhradh am bliadhna chaidh mi steach 'ga faicinn, ach m'an

gann a shuidh mi, thubhairt an scana bhoirionnach ri ogha caileig a bha fuireach còmhla rithe, "Iscabal; dùin an dorus agus fanaidh am ministear ris an t-seirbhis." An 'sin thionndaidh i ri boca a bha air a' bhòrd, chuir i car no dhà ann an enaig, agus feuch thàinig Iosa agus na dorsan dùinte, agus sheas e 'sa mheadhon, agus thubhairt e sìth dhuibh.

An àite mise a thoirt seirbhis dhise thug ise seirbhis dhòmhsa. Sin agad atharrachadh air ar beatha anns na glinn! An uair a théid mi 'g a h-amharc a nis, an àite mise a bhì toirt naigheachdan beaga na dùtchea dhise bidh ise a' toirt dhòmhsa naigheachdan móra nan rioghachdan, ciod a tha dol air aghaidh am Moscow, an Lunnainn, an Craow, no am Berlin.

Duilleach nan Craobh

LEIS AN URRAMACH IAIN MAC A'PHEARSAIN, M.A., AN TIGH AN UILLT

BHOTHISEACH a' Gheamhraidh bha am blàr Bèrnaichte le duilleach nan craobh agus bha gach gaoth a shéideadh 'ga sguabadh a null 's a nall. Bha na craobhan air am fàgail gu math lòn ach fhathast bha cuid mhath de'n duilleach a' crochadh riu oir bha gréim math aige air na meanglain. Ach bho chionn oidhche no dhà bha reothadh dian ann agus an diugh chan 'eil duilleag air craobh. Tha gach meanglan lom fàs agus greann a' Gheamhraidh air gach gleann is sliabh.

Tha againn samhladh math ann an duilleach nan craobh air beatha mhic an duine air a chuairt air thalamh. Ann an Samhradh a' bheatha tha an duine mar ùr chrann uaine fo bhlàth, làn beatha agus brìgh. Tha toileachadh intinn aige féin agus tha e féin 'na thoileachadh do na h-uile ta mu'n cuairt air. Ach cha mhair an Samhradh daonna.

Thig an sin am Foghradh 'nuair bhios na craobhan fo bhlàth agus na achaidhean làn de thoradh trom. Ged tha an sealladh cho maiscach agus cho taitneach chì an t-suil a ghabhas beachd nach mair cùisean mar tha iad. Tha cheana an duilleach a' searg an sud agus an so. Nach ann mar sin a thachair do'n duine cuideachd? 'Nuair tha Foghradh a bheatha air teachd ged tha e ag amharc math gu leòir tha e soilleir do na h-uile a ghabhas beachd air gu bheil e air tòiseachadh ri searg. Tha fuilteanan liatha an sud agus an so, gidheadh chan 'eil fios aig air. Tha e a' gearain lònidh, tha shùil a' fàs dall agus a chluas mall. Thuirt seann duine, "chan i an aois air a bheil mise gearan ach air na càirdean a thig 'na cois."

An déidh an Fhoghraidh thig an Geamhradh a steach le stoirn is gailleann, sneachd is reothadh. Thig an duilleach gu tur ma làr agus an sin bidh aogas a' Gheamhraidh air an dùthaich gu léir.

Tha móran de'n duilleach nach ruig idir an Geamhradh; bidh e air a ghiùlan air falbh 'nuair tha an aimsir ciùin agus feath nan ian air muir is tìr.

Tha beatha an duine air a cheart dòigh, tha móran air an gairm air falbh fada mu'n ruig iad Geamhradh am beatha. C'àite an diugh a bheil an fheadhainn a bha leinn ann an tìs ar n-òige? Tha móran dhiubbh ann an cadal gu sèimh anns an uaigh. An fheadhainn a ruigeas an Geamhradh bheir an stoirn no an reothadh air falbh iad oir chan 'eil an gréim air a' bheatha so ach lag. An sin càirear iad gu socrach ann an caol-chiste nam bòrd. Ach chan i sin crìoch an turuis.

Amhàire a ris air na craobhan, tha iad lom de dhuilleach aig gailleann a' Gheamhraidh, ach chan 'eil an t-Earrach fad air falbh 's bheir e atharrachadh air aghaidh an t-saoghail. Chì thu na craobhan a' cur a mach an duillich as ùr. Chì thu trusgan ùr air aghaidh an aonaich agus gach raon is lòn a' fàs uaine

"Ged chrionas lus chan fhaigh e bàs,
Thig fhàs ri ùine nìos.

Ged sheargas craobh's a' Gheamhraidh fhuair
Nì 'n t-Earrach nuadh i ris."

Mar Chrìosdaidhean nach 'eil sinn a' creidsinn an déidh a' bhàis agus dorchadas na h-uaghach gu'n tig beatha air nach tig crìoch gu sìorruidh. Tha beò dhòchas againne gu'm faigh sinn buaidh thairis air an uaigh agus air a' bhàs mar fhuair ar Slànuighear. Air an treas là bha an uaigh falamh agus Esan beò a ris.

Dé tha anns gach ùrachadh a bheir an t-Earrach mu'n cuairt ach samhlaidhean na h-Aiseiridh:

O Uaigh, c'àite a bheil do bhuaidh?

O Bhàis, c'àite bheil do ghath?

Foirfeach Diadhaidh

LE AONGHAS MAC EANRUIG

CHAN 'eil mi dol a dh'innseadh c'ait an robh Ce fuireach, no dé an dream do'm buineadh e. Is e an duine, a mhàin, ris am bheil mo ghnòthach, ach faodaidh mi a ràdh gu'n do shiubhail e o cheann còrr is fichead bliadhna, aig aois trì-fichead-'sa-còig-deug, agus gu'm bheil mòran a leughas na briathran so do'm b'aithne e.

Bha mi còlach air o'm òige agus an dlùth chòmhradh ris gu minig an uair a thàinig mi gu aois duine. Bu choibhneil, gràdhach rium riamh e; agus, ma bha e geur-fhaclach an aghaidh luchd-deanamh an uile, mar a chithheadh esan e, cha do nochd e dad dheth sin dhòmhsa o'n cheud latha chunnaic mi e agus an latha mu dheireadh. Rinn e na h-uiread 'gam chuid-eachadh aig iomadh àm, ach cha do rinn e dad idir 'g am mhilleadh no 'g am chàineadh. Bha e 'na phrionnsa an Israeil o làithean òige, cho fad is a bha an eaglais agus an sgrìeachd do'm buineadh e air an gabhail a staigh.

Cha robh e féin agus mise de'n aon aidmheil; bha esan de'n Eaglais Shaoir agus mise de'n té Stéidhichte, ach cha do bhac sin mi o bhi faicinn gu'n robh e air àrdachadh gu h-iongantach an cridheachan a' phobuill. Theireadh cuid gu'n robh e cumhang, agus cuid gu'n robh e tuillidh is gaolach air coimneamhan, ach cha d'thuirt neach riamh gu'n robh e 'na chealgair no 'na dhuine nach b' fhiù. Bha chliù ro àrd am measg nan càirdean a b' fhaigse dha, ach iadsan a bha fuireach fada uaithe, bha iad a' luaidh air le mùirn agus urram.

Mar a thuirt mi, thàinig Gilleasbuig fo bhuaidh na Fìrinne an uair a bha e 'na dhuine òg. O cheud làithean 'iompaichaidh, thilg e e féin a staigh an aobhar an Tighearna le uile chridhe agus anam. Cha robh saothair riamh tuillidh is cruaidh leis na'm biodh i na 'meadhoin air muinntir a tharruing chum Fear Saoraidh; agus ged nach b'fhear-labhairt e an rathad searmonachaidh, bha e anabarrach comasach an ùrnuigh. Chuala mi am pailteas 'ga leithidean aig nach robh mòran ionnsachaidh, ach cha chuala mi ach aon no dha dhiubh a chuirinn an taice ri Gilleasbuig Camaran, agus cha chuala mi gin idir a chuirinn air thoiseach air.

Bha e maiseach am briathran, ealamh, deas gu Sgrìobtuirean freagarrach a thaghadh, iarrtach os ceann cumantais, agus sònruichte dealasach agus eudmhor. Thigeadh fianh gàire air a ghnùis mar a bheireadh e fainear uile thròcairean agus thìodhlacan an Tì uile-bheannaichte agus, anns an ath mhionaid, thigeadh reachd 'na mhùineal an uair a dh'aithriseadh e mór fhàilingean a' phobuill agus an neo-airidheachd an aghaidh gràdh do-labhairt. Chan e gu'n robh e 'na dhuine furasd a ghluasad no a bha cuartachadh na h-altrach le aghaidh thùrsaich, thruim. Cha robh e a' cur mòran

suim an samhlaidh diadhachd o'n taobh an mach, agus, ged a bha e dùrachdach, brìgheil an tagradh, cha robh mòran atharrachaidh a' tighinn air fuaim a chainnte, cadhòn an uair bu déine a bhiodh e gleac ris an Uile-chumhachdach.

Cha robh a shùil 's an t-saoghal, ach bha e dicheallach, oidhirpeach, a' feuchainn ri e féin a chothachadh. Bha caob math fearainn aige, paidhir each agus beagan chaorach, agus a bharrachd air sin, bha daonnan beagan mhiltean de rathad aige ri chumail a suas. Ri àm geamhraidh is earraich b'ainneamh a gheibheadh an latha 'na leabaidh e ach air maduinn na Sàbaide, agus b'e beul na h-òidhe bheireadh dhachaidh e. Bha'n samhradh 's am foghar dha air an dòigh cheudna, dol tràth an dàil a ghnòthaich agus a' leantainn ris gu anamoch. Bha e làidir, calma, fallain, agus bu mhór an obair troimh 'n rachadh e an latha. Theireadh e gu minig gu'm bu mhiosa am fear sin na 'n t-ana-creidmheach nach solaradh air a shon féin agus na bhuneadh dha, agus, air chinnt, rinn esan sin.

Cha bu dhuine maol, socharach e, agus bha e cho cruaidh ris an iarunn an cùmhnantan 'sam bith a bhiodh aige ri dheanamh. Ach bha e teò-chridheach, bàigheil, agus ullamh gu làmh-chuideachaidh a thoirt do neach a bhiodh 'na fheum. Cha b'aithne dha leisg, agus bu chaomh leis cobhair a dheanamh le coimhearsnaich a dh'fhaodadh a bhi air dheireadh air càch le obair earraich no foghair. B'aidheil e an uair a thigeadh e agus b'e a chuireadh an sìrd air daoine eile le bhriathran taitneach agus a dhòighean gasda!

An robh e ceart 'na bheachdan uile a thaobh geallaidhean an t-soisgeil agus rabhaidhean an lagha? Is sin cùis ris nach gabh mi ghnòthach, ach their mi so, ma bha esan ceàrr an cuid de nithean, chan 'eil fhiosam cò tha buileach ceart. Bha e creidsinn am meadhan nan gràs agus anns na h-òrdughan a tha dol 'nan cois, ann an taghadh agus an roimh-bhreith, am peanas nam peacach agus an subhachas nan naomh. An aon fhacal, bha e 'toirt géill do na nithean sin a bh'air an teagasg dhuinn uile o'r n-òige, agus cha b'i a dhòigh a bh'ag atharrachadh a bharailean air àilgheas gach spailpire thigeadh an rathad.

Dh' fhalbh e o cheann iomadh latha, agus b' fheàirde mi coimneachadh ris. Mur d' rinn e mi co-ionann ris féin an spiorad cràbhaidh agus an ionracas beatha, thug e dhomh sealladh air nithean òirdheare, mar a tha sonas anns an ionad anns am bheil sin agus dòchas treun a' Chrìosdaidh a thaobh na bith-bhuantach a tha romhainn. Aig àm mo bhàis, bu mhiann leam a bhi coltach ri Gilleasbuig Camaran; làn creideamh, làn ionracas agus làn cùine spioraid.



Sagartan do Dhia

“ Dhàsan a ghràdhaich sinn, agus a dh’ ionnlaid sinn o ar peacaidhean ’n a fhuil fèin, agus a rinn rìghrean dhìnn is sagartan do Dhia agus d’a Athair, dhàsan gu robh glòir agus cumhachd gu saoghal nan saoghal.”—
 Taisbean. I, 5, 6.

ANNS an àm anns an do sgrìobhadh leabhar **A**n Taisbeanaidh bha an eaglais Chrìosduidh a’ fulang geur-leannmhuinn a theab léir-sgrìos a thoirt oirre. Dh’ éirich cumhachdan an t-saoghail an aghaidh sluagh an Tighearna, agus, a réir choslais, bha iad an impis a bhì air an sguabadh bhàrr aghaidh na talmhainn. Am measg nan trioblaidean agus nan deuchainnean a thàinig orra, bha cuid de na creidmich a’ call am misnich agus a’ tuiteam air falbh. Anns an leabhar so tha an t-abstol Eoin a’ feuchainn ri misneach na feadhach sin a neartachadh, agus ag innseadh dhaibh mu’n taisbeanadh ghloirmhor a thug Dia dha air nithean a bha ri tachairt ann an ùine gheàrr. Le ìomadh samhlaidh tha e a’ cur ’n an cuimhne gu bheil cumhachd Dhe ag oibreachadh air taobh a shluaigh, agus gu bheil an t-àm fagus anns an crìochnaichear làithean am bròin. Tha an Tighearn a’ rioghachadh; crìochnaicheadh an talamh: tha an Tighearn a’ rioghachadh; deanadh na naoimh gairdeachas — is e sin suim na tha an t-abstol Eoin ag ràdh anns an leabhar so.

Tha an litir a sgrìobh e chum nan seachd eaglaisean a’ tòiseachadh anns an dòigh àbhaisteach, “ Gràs dhuibh agus sìth o’n Tì a tha, agus a bha, agus a tha ri teachd, agus o Iosa Crìosd, an fhianuis fhìor, an ceud-ghìn o na marbhaibh, agus uachdaran rìghrean na talmhainn.” Ach cha luaithe a dh’ ainmich Eoin an t-ainm naomh a tha os cionn gach ainm na leum a chridhe le sòlas, leig e am peann as a làimh, agus bheannaich e an t-ainm naomh, ag ràdh, *Dhàsan aig a bheil gràdh dhuinn, agus a dh’ ionnlaid sinn o ar peacaidhean le fhuil fèin, agus a rinn rìghachd dhìnn, sagartan d’a Dhia agus d’a Athair; dhàsan gu’n robh a’ ghloir agus a’ chumhachd gu saoghal nan saoghal.*

Chan ’eil e furas a ràdh cìod an ìre a ràinig na deisciobuil ann an eòlas spioradail aig an àm anns an do chuireadh Iosa gu bàs, ach tha e furasda gu leòr fhaicinn gu’n d’ fhàs agus gu’n d’ abaich iad gu h-anabarrach, an eòlas agus an creideamh, an dèidh dha éirigh o na marbhaibh. Thàinig iad gu bhì creidsinn ann

an diadhachd Iosa uigh ar n-uigh, agus is dòcha nach b’ urrainn dhaibh féin innseadh cìamar. Cha b’ ann mar Dhia a b’ aithne dhaibh e an toiseach ach mar dhuine; ghràdhaich iad e mar charaid fada m’ an do thòisich iad air aoradh a dheanamh dha mar Thighearn agus mar Dhia. Tha eadar-dhealachadh mòr eadar na smuaintean a bha Eoin ag altrum mu Iosa anns na làithean anns an robh iad ag imeachd còmhla ann an Galile agus na smuaintean a bha e ag altrum uime ann am Patmos, bliadhnachan an dèidh ’aiseirigh. An taobh a mach do Mhuire cha robh neach air an t-saoghal d’am b’ aithne Iosa na b’ fheàrr na Eoin. B’ aithne dha fuaim a ghutha; b’ aithne dha coslas aodainn is dath a shùl; b’ aithne dha a dhòigh-labhairt agus a dhòigh-coiseachd; agus shaoileamaid gu’n tugadh e tarruing air na nithean sin an uair a thòisich e air innseadh mu’n t-sealladh a chunnaic e air Crìosd ann am Patmos. Shaoileamaid gu’m biodh an Crìosd a chunnaic e ann am Patmos car coltach ri Mac an duine a bha maille ris ann an Galile. Ach an àite aire a luchd-leughaidh a shoeruchadh air coslas Iosa mar b’ aithne dha e ann an làithean fheòla, tha an t-abstol a’ cur nan nithean sin uile as an t-sealladh, agus ag innseadh uime ann an dòigh a tha a’ nochdadh gu soilleir nach b’ ann a réir na feòla a b’ aithne dha e a nis, ach ann an cumhachd a dhiadhachd. “ *Bha a cheann agus fhalt geal mar oluinn ghil, agus a shùilean mar lasair theine, agus a chasan cosmhuil ri umha fìorghlan, agus a ghuth mar thoirn mhóran usgeachan. Agus bha aige ’n a làimh dheis seachd reultan: agus claidheamh geur dà fhaobhair a’ teachd a mach as a bheul, agus a ghnùis mar a’ ghrian a’ dealrachadh ’n a làn neart.*”

Mar bha na bliadhnachan a’ dol seachad bha eòlas Eoin air a Shlànuighear a’ fàs; bha e a’ faicinn glòir os cionn glòire is dòimhneachd an dèidh dòimhneachd ann an dìomhaireachd a nàduir agus a theagaisg. Cha b’ e Crìosd ùr a chunnaic e anns an eilean ach an Crìosd a b’ aithne dha cheana, ann an dòigh a bu shoilleire. An uair a bha iad còmhla anns an t-seòmair uachdrach leag an t-abstol a cheann air uchd a Mhaighstir, ach ’nuair a chunnaic e am Maighstir ceudna ann am Patmos, ann an staid a ghloire agus

ann an cumhachd 'aiseirigh, thuit e sìos aig a chasan ann an riochd mairbh. Ann an làithean fheòla thug e gaol do Iosa mar charaid agus mar bhràthair; ach a nis chaidh na seann nithean sin seachad, is tha e a' deanamh aoraidh dha mar a Thighearn agus a Dhia, a' toamadh a mach a chridhe 'n a làthair le laoidh-bhuidheachais—*Dhàsan aig a bheil gràdh dhuinn, agus a dh' ionnlaid sinn o ar peacaidhean 'na fhuil féin, agus a rinn rìoghachd dhinn, sagartan do Dhia agus d'a Athair, dhàsan gu'n robh a' ghloir agus a' chumhachd gu saoghal nan saoghal.*

Cha b' urrainn Eoin facal brosnuchaidh a b' fheàrr a labhairt ris an fheadhainn a bha a' call am misnich, na gràdh Chrìosd dhaibh a chur 'n an cuimhne. Is e dòchas is misneach chreidmheach nach fàilnich a ghràdh-san. Faodaidh màthair leanabh a cuim a dhichuimneachadh ach cha dichuimnich Chrìosd a shluagh. Tha iad gearrte air deàrnaibh a làimhe, agus cha chaill e aon de na thug 'Athair dha. “Dealaidhidh na sléibhteann ri am bunaitean agus atharraichear na beanntan as an àite, ach cha dealaidh mo choibhneas riut-sa, is chan atharraichear comh-cheangal mo shìth,” deir an Tighearna.

Bha fios aig Eoin gu'n toir daoine urram is aoradh do'n Tighearn anns an tomas anns a bheil faireachduinn aca air na tìodhlacan a tha iad a' sealbhachadh bhuaith, agus tha e mar sin a' dol air aghaidh gu bhì cur an cuimhne a luchd-leughaidh cuid de na beannaichdan a tha sruthadh o ghràdh Chrìosd, “*Dhàsan a ghràdhach sinn, agus a dh' ionnlaid sinn o ar peacaidhean 'n a fhuil féin.*” Ann a bhì 'g ràdh gu bheil Chrìosd a' toirt maithneas am peacaidhean d'a shluagh, chan 'eil Eoin a' teagasg ach an fhìrinn a chual e le chluasan féin iomadh uair o bhilean Iosa. 'Nuair a shìn e an cupan d'a dheisciobuil aig an t-suipeir thubhairt e riu, “Olaibh uile dheth, oir is i so fuil a' chumhant agam-sa, a dhoirtear airson mhóran chum maithneas pheacaidhean.” Tha an fhìrinn so air a teagasg cho soilleir anns an Tiomnadh Nuadh 's nach gabh i foluch; agus b'e an soisgeul leis an do choisinn Pol na cinnich an soisgeul a fhuair e air tùs, “*Gu'n d' fhuair Chrìosd bàs air son ar peacaidhean a rèir nan sgrìobtur.*”

Is e maithneas pheacaidhean an tìodhlac as prìseile as urrainn Dia a thoirt do dhaoine, agus a dh' aindeoin cìod a their an saoghal, oibrichidh maithneas naomhachd ann am beatha na feadhach a fhuair maithneas, oir tha caomhalachd Dhe ann a bhì sealltuinn thairis air an cionta a' leaghadh cruas an cridhe agus a' dùsgadh taingalachd annta a bhrosnuicheas iad gu seirbhis a dheanamh do'n Tighearna le'n uile chridhe. Tha e cho mìorbhuileach gu'n cuireadh Dia sgaradh

eadar an duine agus a pheacaidhean le facal a ghràis, 's a tha e gu'n cumadh e na reultan 'n an cùrsa linn as déidh linn le facal a chumhachd. Chan urrainn peann no teanga labhairt air maithneas Dhe mar bu chòir, no an t-sìth agus an t-saorsa a tha 'ga leantuinn a chur an cèill. Cha tui gear so ach leò-san a dh' fhiosraich e, ach togaidh iadsan uile a fhuair tròcair o Dhia an guth maille ri Eoin agus ris na naoimh, agus seinnidh iad laoidh bhuidheachais, “*dhàsan a ghràdhach sinn agus a dh' ionnlaid sinn o ar peacaidhean 'n a fhuil féin.*”

Tha an t-abstol a' cur gràdh Chrìosd air thoiseach, oir is e an gràdh sin an tobar as a bheil uile bhèannachdan ar slàinte a' sruthadh; 'n a dhéidh sin tha e ag ainmeachadh aon de na tìodhlacan a tha creidmich a' sealbhachadh mar thoradh a ghràidh; ach tha e dol air aghaidh gu bhì 'g innseadh mu'n inbhe àrd is urramach dh'ionnsuidh a bheil Chrìosd a' togail na feadhach a fhuair maithneas;—*rinn e rìoghachd dhinn, sagartan do Dhia agus d'a Athair.*

Bha cuimhne aig Eoin air na briathran a labhair Dia ri cloinn Israeil, “Ma ghleidheas sibh mo chomh-cheangal, bidh sibh dhòmhsa 'n ur n-ionmhas dònrùichte os cionn nan uile shluagh; bidh sibh dhòmhsa 'n ur rìoghachd shagartan agus 'n ur cinneach naomh.” Exon. xix. 5. Chan e mhàin gu'm fireanaich Dia an dream a ghairmeas e, ach glòraichidh e iad mar an ceudna. Tha e a' toirt d'a shluagh sochairean is còraichean nach 'eil aig maithneas an t-saoghail; tha iad 'n an teaghlach rìoghail, 'n an oighreachan air Dia, agus a' gluasad ann an saorsa ghlòrmhor a chloinne. Anns na seann làithean agus fo'n t-seann chùmhanta bha na sagartan ann an dàimh a bu dlùithe ri Dia na bha an còrr de'n t-sluagh, agus bha an rathad fosgailte dhaibh do'n ionad naomh; ach le bhàs féin bhris Chrìosd sìos am balla-meadhoin a bha eadar daoine is Dia agus choisrig e d'a shluagh slighe nuadh is bhed a steach do'n ionad as ro naoimhe.

Fo'n chùmhanta nuadh tha sluagh an Tighearna uile 'n an sagartan; oir tha an t-slighe fosgailte dhaibh gu Dia, agus tha cead aca tighinn 'n a làthair agus amharc air a ghloir le aghaidh gun fholach.

Is e so an smuain a bha ann an imntinn Eoin 'nuair a labhair e umpa mar shagartan. Bha e a' smuaineachadh air sluagh an Tighearna mar dhaoine a tha air an gairm gu dreuchd àrd, a tha air an cur air leth gu seirbhis Dhe, a tha air an dealachadh o'n t-saoghal, agus a' mealtainn sìor cho-chomunn ri an Rìgh a ghairm agus a sheulaich iad. Is mòr agus prìseil an t-sochair e, gu'm biodh rathad fosgailte daonna aig creidmich gu làthaireachd an Rìgh, ach cìod a' ghné dhaoine a

bu chòir a bhi aunta-san aig a bheil an t-sochair so? Cha sagart fìor neach sam bith ach neach aig a bheil làmhan glan is caithe-beatha naomh. Chan'èil ann an sagartachd gun naomhachd ach an t-ainm gun an tairbhe. Tha iadsan a tha dà-rìreadh 'n an sagartan do Dhia air an sgeadachadh ann an trusganaibh geala, agus is e maise na naomhachd an trusgan geal. Tha glòir Dhe is glòir an duine a' coinneachadh ann an nàdur na feadhach sin a tha 'n an sagartan fìor. Tha iad daonnan dlùth do Dhia, oir tha iad a' deanamh aoraidh dha gun sgur; ach tha iad mar an cendna dlùth d'an co-chreutairean oir tha iad comasach air co-fhulangas a bhi aca r'an anmhuinneachd. Is e sagartan an Tiomnaidh Nuaidh, iadsan aig a bheil gràdh do Dhia is gràdh do dhaoine; iadsan a tha naomh is iriosal is glan 'n an cridhe; iadsan a tha caomhail is tròcaireach,

iadsan aig a bheil spiorad na h-ùrnuigh is spiorad na sìthe, iadsan aig a bheil eud air taobh an Tighearn agus a shaothraicheas 'n a sheirbhis. Is e sin toradh an Spioraid, an toradh ris a bheil dùil aig Crìosd, Ceann na h-eaglais, o bheatha nan daoine a ghrà-dhaich e, agus a dh'ionnlaid e o'm peacaidhean 'n a fhuil féin, agus d'an do rinn e sagartan do Dhia agus d'a Athair.

'Nuair a shoeruich inntinn an abstol Eoin air 'na tiodhlacan beannaichte a bhuilich Crìosd air a shluagh; 'nuair a bheachd-smuainich e air gràdh an t-Slànuigheir, air an t-saorsa a choisinn e dhaibh le fhulangas féin, agus air an imbhe àrd dh'ionnsuidh an do ghairm e iad, chan'èil e iongantach gu'n do lionadh a chridhe le taingeachd is moladh, agus gu'n do sgrìobh e, "*Dhàsan gu'n robh a' ghlàir agus a' chumhachd gu saoghal nan suoghal.*"

Annas a' Choille Bheithe

GED tha sùilean geura aig muinntir Chille-sgumain gus fàilingean agus lochdan càch a chéile a chomharrachadh cha chuala mi riamh dad a bu mhiosa air a chur as leth Eachainn Mhic Gilleathain, am foirfeach bàn mar theirteadh ris, na gu'm b' annasach an ni e duine cho ionraic ris a bhi cho gaolach air ceòl. Ged nach robh aithrichean Chille-sgumain cho fada an aghaidh ciùil 's a bha aithrichean Rois, agus na Tuathaich am bith-eantas, bha cho mhaith leò nach biodh foirfich na h-eaglais co dhùu a' cluich air piob no air fìdhill. Ach ged nach biodh Eachann Mac Gilleathain a' cluich air a' phìob bhiodh e a' cluich air an fhìdhill, agus air leth-dusan de innealan neònach eile a bha aige; ach ma bhitheadh, cha do rinn sin cron dha riamh ann an sùilean a' choimhthionail, oir bha fhios aca nach robh duine eile an Cille-sgumain a b' ionraice cridhe na e, no bu dlùithe a bha gluasad maille ri Dia.

B'e an dà ni anns an robh a chridhe, ùrnuigh agus ceòl. Moch agus anmoch, agus seachd uairean eadar na tràthan, bhiodh e air a ghluinean anns an tigh-ghreusachd ag ùrnuigh ri Dia. An uair a chluinneadh e gu robh balach no caileag òg a' fàgail Chille-sgumain a dhol 'g an cosnadh do Ghlaschu no do bhaile-mór eile sgrìobhadh e an ainm air bòrd le caile los cuimhne a chumail orra 'na ùrnuighean. Mar so bha eadar-ghuidhe agus athchuingean Eachainn a' dol suas gu Dia air son òigridh nach robh air an cuimhneachadh le am pàrantan féin ann an ùrnuigh.

Ach O! an gaol a bha aig an duine ud air ceòl! Bha e dùthchasach dha air an dà thaobh; bha fuil bhàrd is chlàrsairean is phìobairean ann gus an ochdamh glùn. Anns

na maduinean earraich bu shòlas leis éirigh leis a' ghréin, a dhòl a mach a dh'éisdeachd ris na h-eòin bheaga a' seinn laoidhean do'n Chruithear; aig na h-amannan sin bhiodh e a' deanamh fhacal 'n a inntinn féin a fhreagrachd do na fuinn a bha aig na h-eòin.

Bha aon no dhà de na foirfich eile anns an t-seisean nach robh idir toilichte gu robh Eachan Mac Gilleathain cho gaolach air an fhìdhill, gu sònruichte dithis a bha air ùr thighinn do Chille-sgumain, Uilleam Mac Leòid, a bhuineadh do Leòdhas, agus Alasdair Ros, am bùidsear, a thàinig á Inbhir Pheofharan. Bhiodh iad a' sealltainn air gu maith gruamach anns an t-seisean, agus a' gabhail gach cithrom a gheibheadh iad air naigheachdan fada-thall innseadh mu aithrichean agus mu dhiadhairean Rois; ciod a thuir Alasdair Geàrr mu fhìdhleir a bha am Bun Ilidh, no ciod a thuir Mac Rath Mór mu bhoirionnach anns a' Chomraich a chaidh air snàmh air là-traisg, no ciod a thuir an t-Ollamh Ceanaideach mu fhear ann an Ros-cuithnidh nach robh coltach ri daoine eile. Ach cha chuala muinntir Chille-sgumain mu Alasdair Geàrr riamh; cha deachaidh fhuaim na b' fhaide mu dheas na Inbhir Nis, agus mar sin cha robh ann ach saothair dhìomhain do Uilleam Mac Leòid agus do Alasdair Ros a bhi ag innseadh naigheachdan uime.

* * * * *

An uair a thòisich an cogadh, am measg nan daoine eile a chaidh do'n arm á Cille-sgumain, chaidh mac Eachainn Mhic Gilleathain ann. An déidh dha bhi greis anns an Fhraing chuireadh do'n Eiphit e; as an Eiphit chuireadh do Mhesopotamia e, far an robh e gus an do chrìochnaich an cogadh. Bha e fhéin agus

seachd saighdearan Breatunnach air am fàgail ann am baile beag, gus sùil a chumail air na h-Arabaich agus gus a bhì 'n an cluasan do'n arm. Bha iad a' dol a mach 's a stigh am measg muinntir an àite; uigh ar n-uigh dh' fhàs na saighdearan agus na h-Arabaich gu maith mór aig a chèile. Tha e nàdurra do na Gàidheil co dhiu faotainn suas gu luath ri cinneach eile agus an tuigsinn; cha robh gin de na saighdearan Breatunnach a b' fheàrr leis na h-Arabaich na Niall Mac Gilleathain; dh' fhosgail iad an cridheachan dha cho mhaith ri an dorsan.

Bha aon teaghlach sònruichte ann ris an robh e anabarrach coibhneil is truaicanta, teaghlach anns an robh làn an tìghe de chloinn. Bha iad bochd bochd; an casa dubha cho caol ri cas spàinne, agus gun ach an craicinn a' còmh-dach an cnàmh. Bha barrachd bidh air a chur a mach do na saighdearan na b' urrainn iad uisneachadh, is bhiodh Niall Mac Gilleathain a' gleidheadh gu cùramach gach còrr a bhiodh air fhàgail, agus 'g a thoirt do'n chloinn ud; càise agus briosaidean agus tarbh-fheòil air am measgadh anns an aon phoit. Ach is maith an còcair an t-acras; am beagan ùine thòisich a' chlann air fàs agus air fàs reamhar, agus m'an d' fhàg na saighdearan Breatunnach am baile bha fuil na cloinne cho làidir teth 's gu'm biodh iad a' réiseadh air feadh an fhàsaich mar gu'm faicheadh tu buaile ghamhna a bha air an gearmhrachadh gu maith air an leigeil a mach air maduinn ghrianach earraich.

An uair a bha Niall Mac Gilleathain a' tighinn dhachaidh chuir athair agus màthair na cloinne bocea beag 'n a làimh, ag ràdh ris, "Tha sinne bochd, ach bu mhaith leinn fhios a bhì agad gu bheil gaol againn air a' choigreach a bha coibhneil ris a' chloinn. Anns a' bhocsa so tha inneal-chiùil a bha aon uair ainmeil; inneal-chiùil a tha anns an teaghlach againne o chionn dà mhìle bliadhna, ach chan 'eil duine beò anns an dùthaich an diugh as urrainn an inneal a chluich. Am bi an coigreach cho maith agus am bocea so a ghabhail bhuainn, an dòchas gu'm mair a theaghlach dà mhìle bliadhna anns an tìr thall a tha iad a' sealbhadh?"

Thug Niall Mac Gilleathain taing dhaibh; an sin bheannaich iad càch a chèile anns an dealachadh, iadsan a' beannachadh a' choigreach an ainm Allah agus a' cromadh an cinn, is esan 'g am beannachadh-san an ainm Athair ar Tighearn Iosa Crìosd. An uair a thàinig e dhachaidh thug e am bocea d'a athair, agus dh' innis e dha facal air fhacal mar thubhairt an t-Arabach ris. Ach ged dh' fheuch Eachann Mac Gilleathain ris an inneal-chiùil a chur ri chèile a dh' fheuchainn an gabhadh ceòl a thoirt aise, dh' fhairtlich e air gu buileach. Iomadh is iomadh uair chuireadh c' seachad a'

chuid a b' fheàrr de'n latha, a' corramheurachd nam bioran agus nan teudan a bha anns a' bhocsa, agus muinntir Chille-sgumain a' feith-eamh ri brògan a chuir iad thuige 'g an càradh.

* * * * *

An ath bhliadhna, an deireadh an fhoghair, thàinig dà dhuine dhubh do Chille-sgumain, fear dhiubh a' reic unainmean agus am fear eile a' reic uaireadairean is speuclairean is trealaich eile. Ged bha iad dorcha anns a' chraicinn agus ged theirteadh daoine dubha riu, cha b' ann de shliochd Ham a bha iad idir; bhuinteadh iad do'n Eiphit. Bha an t-sid fuar aig an àm; cha robh air na h-Eiphitich ach aodach tana, is bhuaileadh iad le chèile le droch thinneas, an dara fear le pneumonia agus am fear eile le fiabhras lònidh. Dh' iarr Uilleam Mac Leòid an cur air falbh do'n Oban, ach thubhairt Eachann Mac Gilleathain gu'm biodh na daoine marbh m'an ruigeadh iad an t-Oban, agus gu'm b' fheàrr feuchainn ri cobhair a dheanamh orra far an robh iad. Cha ghabhadh am bàillidh gnothuch riu, no Tom Elliot anns an tigh-dsda, no Alasdair Ros, am bùidsear, ach dh' iarr Eachann Mac Gilleathain air a' chonastabal agus air a' chleireach aig Bord nam Bochd an toirt do'n tigh aige-san, agus gu'n tugadh e leaba do na daoine truaigha.

Sin a rinneadh. Bha iad ann an tigh Eachainn Mhic Ghilleathain suas ri ceithir mìosan, agus fad na h-ùine sin dh' eiridinn e iad mar gu'm b'e fhuil is fheòil féin a bha anna, a' caithris iomadh oidhche ri taobh an leapachan. An uair a chaidh iad na b' fheàrr bhiodh iad air uairean a' dol do'n tigh-ghreusachd far am biodh Eachann ag obair. Là de na làithean a chaidh fear dhiùbh a steach bha am bocea aig Eachann air a' ghluin agus e a' feuchainn ris an inneal-chiùil a chur air ghléis. An uair a chunnaic an t-Eiphiteach an rud a bha anns a' bhocsa sheas a dhà shùil 'na cheann is dh' fhàs aodann mar gu'm biodh aodann mairbh. Bha e air chrith mar gu'm biodh duine a chunnaic tamhasg.

"C' àite," ars' esan, "an d' fhuair sibh sin?"

Dh' innis Eachann Mac Gilleathain dha mar fhuair Niall a mhac am bocea ud ann am Mesopotamia.

"Sin agaibh," ars' an t-Eiphiteach, "inneal-chiùil as sine agus as iongantach a tha air an t-saoghal, ach a mhàin companach dhi a tha ann an tigh m' athar ann am baile Mhartumba anns an Eiphit. An uair a bha Heman mac Ioeil air cheann na coisir-chiùil anns an teampull an Ierusalem bha seinneadair aige a bha cho binn 's nach mór gu'm b' urrainn do na sagartan éisdeachd ris a' chionn gu'n leaghadh a ghuth an cridheachan 'n an com. Chan e mhàin gu robh e maith air seinn ach bha grinneas anabarrach air a làimh, is bha ealadhain aige air iméalau-

ciùil a dheanamh nach robh aig duine eile ann an Ierusalem. Rinn e dà inneal-chiùil nach fhacas agus nach cualas riamh an leithid, oir bha a' bhuaidh iongantach so aca gu'n cuireadh iad gach duine no creutair a chluinneadh iad a dhannsadh, ge b' oil leò. Fad nan ceudan bliadhna bha na h-innealan air an gleidheadh gu cùramach ann an teaghlach Hemain, an t-athair ag innseadh d'a mhac bu shine mu'n bhuaidh iongantach a bha anna agus a' toirt eòlas dìomhair dha ciamar a ghabhadh iad cluich. Ach uair a thàinig rìgh coimheach o'n àird an Ear a thoirt léir-sgrìos air Ierusalem bha teaghlach Hemain air an ruagadh air falbh, trìuir dhiubh air an toirt 'n am prìosanaich do Mhesopotamia agus am fear bu shine air a chur air theicheadh do'n Eiphit. Anns a' chabhaig cha d' fhuair am mac bu shine ach an aon inneal a thoirt leis; tha an inneal sin againne fhathast ann an tigh m' athar am Martumba. Lean ar teaghlach-ne creideamh ar n-aithrichean; tha sinn ag aoradh do Iehobhah, agus cha do chailleadh riamh eòlas air an dòigh anns an gabh an inneal cluich. Am bràthair a lean ris an inneal eile agus a thug leis i do Mhesopotamia, cha b' aithne dha ciamar a chluicheadh i, no dad eile uimpe ach a mhàin gu'n robh i sean. Cha chuala sinn riamh cìod a dh' éirich do'n mheur eile de theaghlach Hemain o chionn nan ceudan bliadhna, ach a cheart cho luath 's a chunnaic mo shùil am bocsa dh' aithnich mi gur e so companach na h-inneil againn féin, a bha air chall o chionn nan ceudan bliadhna."

Gus naigheachd fhada a dheanamh goirid, cha tugadh an t-Eiphiteach leis am bocsa dhachaidh ged dh' iarr Eachann Mac Gilleathain air sin a dheanamh, a chionn gu'm b' ann d'a dhaoine a bhuineadh e gu ceart. Thubhairt e gu'm bu bheag an tabhartas-buidheachais e an éiric a choibhnais a fhuair e féin agus a chompanach ann an tigh a' ghreusaiche, agus a thuilleadh air sin, thubhairt e gu'n ionnsaicheadh e dha ciamar a chuireadh e an inneal ri chéile, agus ciamar a chluicheadh e i, agus gu'n innseadh e a h-ainm dha ann an litrichean Eabhra ann an cagar.

* * * * *

Ma bha muinntir Chille-sgumain air uairean a' feitheamh seachdoin ri brògan a bha 'g an càradh aig a' ghreusaiche bhiodh iad a nis a' feitheamh ceithir-là-deug, oir fhuair Eachann Mac Gilleathain déideag ùr. Ach bha e 'na dhuine caomhail cho mhaith ri bhì 'na dhuine ionraic, is bheireadh e an fhìor aire gu'n robh na dorsan dùinte m' an gleusadh e an inneal-chiùil, air eagal gu'n deanadh e, gun fhios daibh, culaidh-mhagaidh de sheanairean Chille-sgumain, no rud bu mhiosa air fad, de mhnathan a' bhaile.

Ach ged bu duine ionraic e nach deanadh cron no olc air a cho-chreutairean air son an t-saoghail bha a chridhe làn àbhacais is cridhealais, agus bu ghasda leis, an uair nach biodh an còrr aige ri dheanamh, a bhi sealltuinn a mach air an uinneig, a' gabhail beachd air na daoine a bha dol seachad agus a' smuaineachadh ris féin ciamar a shealladh an té ud, no cìod a theireadh am fear ud, na'n tugadh e orra stad air beulaibh an tigh-òsda agus tòiseachadh air dannsadh. An uair a chitheadh e mnathan stàtail a' seòladh seachad mar longan Tharsuis fo làn an cuid aodaich, bean a' Chòirneil agus bean a' bhancair, no fir bheaga a' ruith seachad le cabhaig dhian, mar nach rachadh an saoghal air aghaidh as an eugmhais, dheanadh e gàire beag ris féin is shineadh e a làmh gus breith air an inneal-chiùil,—ach anns a' mhionaid thàirngheadh e air ais i, ag ràdh fo anail, "Dia a thoirt maitheanais dhomh." Ach an ath mhionaid chitheadh e duine-eigin eile a bheireadh air a làmh a shineadh ris an inneal a ris, is thigeadh e fo dhruim a' gàireachduinn. Chan 'eil sùilean air an t-saoghal cho léirsinneach ri sùilean naoimh, gu sònruichte ma tha rud beag de chridhealas ann. Leughaidh e daoine beaga driopail agus mnathan móra stàtail mar gu'm biodh leabhar fosgailte.

Mìle agus mìle uair ghleus Eachann Mac Gilleathain an inneal ud gu bhi moladh ainm an Tighearna, ach ged chuir e roimhe nach cuireadh e i gu feum a bu shuaraike na bhi togail fonn nan salm tha eagal orm nach do chùim e a' bhòid sin gu buileach, oir, aon uair co dhiu, chuir e daoine a dhannsadh leatha agus gun dannsa 'n am beachd. So mar thachair.

* * * * *

Bha Uilleam Mac Leòid agus Alasdair Ros fada fada an aghaidh ciùil is dannsaidh; bhiodh iad gun sgur ag iarraidh air an t-seisean riaghailt làidir a dheanamh nach leigtheadh gu bòrd an Tighearna fear no bean air bith a chunnacas aig cuirm-chiùil, no aig soiree, no aig bàl, no aig céilidhean an W. R. I., far am biodh cluich is sùgradh saoghalta a' dol air aghaidh. Thubhairt Uilleam Mac Leòid agus e dìth smachd a bha cur na h-eaglais gu truaighe; nach biodh cùisean an Albainn mar bha iad na'n robh Maighstir Ruairidh beò; gu robh cuimhne aige air là a bha Maighstir Ruairidh a' dìon nam bòrd aig comanachadh ann an Cill Oran, agus gu'n do labhair e cho làidir smachdail mu dhaoine nach robh gu buileach dealaichte o'n t-saoghal 's nach deachaidh ach deichead a dh' ionnsuidh a' bhùird ged bha còrr agus dà cheud de luchd-comanachaidh a làthair. "Sin agaibh," ars' esan, agus e a' sealltuinn air an Urramach Niall Mac Phàrlainn, B.D., "ministear a bha dileas."

Cha dubhairt an t-Urramach Niall Mac

Phàrlainn, B.D., diog, ach ann an guth eìun sèimh thubhairt Eachann Mac Gilleathain, “Co dha, Uilleam, a bha Maighstir Ruairidh dìleas?”

Ach ged bha a’ cheist so air am beulaibh uair no dhà a h-uile bliadhna bha seisean Chille-sgumain mar tha an eaglais Chrìosduidh air fad; bha cuid de na bràithrean de aon bheachd agus cuid dhiùbh de bheachd eile.

Ach bha Uilleam Mac Leòid agus Alasdair Ros diorrasach; seachduin roimh chomanachadh an earraich, an uair a bha ochnar de ghillean agus de chaileagan òga air beulaibh an t-seisein gu bhì air an gabhail a steach mar luchd-comanachaidh, cheasnaich Uilleam Mac Leòid dithis de na caileagan cho teann goirid gruamach mu dhannsa aig an robh iad ceithir-là-deug roimh sud’s gu’n deachaidh na caileagan a chaoineadh. An uair a chaidh na caileagan a mach as an t-seisean chaidh Eachann Mac Gilleathain a mach còmhla riù, agus e fhéin a’ caoineadh.

* * * * *

An oidhche sin cha d’ fhuair e aon lochd cadail; am màireach shuidh e air an fhurm-ghreusachd mar b’ àbhaist, ach ma shuidh cha b’ ann a dh’ obair; bha seachran ’na cheann fad an latha. Ged bha tartar agus straihlich an rathaid ’n a chluasan cha b’ e sin idir a bha e a’ cluinntinn ach meacanaich nan caileagan aig an robh sùil ri aoibhneas agus feuch uamhas.

Bha am bùth aig Alasdair Ros mu choin-

neamh tigh a’ ghreusaiche; chitheadh an greusaiche a h-uile rud a bha dol air aghaidh aig a’ bhùidsear. Là de na làithean chumaid e ’n an seasamh aig an doras, agus iad a’ sealltuinn os an cionn air bàta-adhair a bha dol seachad; am bùidsear; Uilleam Mac Leòid, a ghoistidh; bean a’ bhancair is measan beag coin aice air thaod; agus searbhanta as an tigh-òsda a chaidh a dh’ iarraidh mharagan dubha do fhear-siubhail a bha gaolach orra. An uair a chunnaic an greusaiche am bannal ud ag amharc air na speuran, rinn e gàire beag ris féin, dh’ fhosgail e an doras agus an uinneag gu fàilidh, is shin e a làmh a dh’ iarraidh na cruic-chiùil. An sin chumacas an Cille-sgumain rud neònach nach fhacas riamh roimhe is theagamh nach fhaicear gu bràth tuilleadh, dà fhoirfeach a’ dannsadh air a’ mheadhon-là. Mar gu’n rachadh an aon saighead annta, leum a cheathrar ud an achlaisibh a chéile, Uilleam Mac Leòid agus greim aige air bean a’ bhancair, Alasdair Ros agus greim aige air còcaire an tigh-òsda, a’ ruidhleadh ’s a’ dannsadh mar gu’m biodh copan an cinn air togail, agus measan a’ bhancair a’ tabhunnach gu frionasach ri Uilleam Mac Leòid agus a’ spioladh a shàiltean. An uair a bha an dannsadh ’n a theas cò a thàinig mu’n cuairt an oisein ach an t-Urramach Niall Mac Phàrlainn, B.D.; cho luath ’s a chunnaic Eachann Mac Gilleathain gu’m faca am ministear a dhà fhoirfeach air cheann ruidhle leig e as a làimh a’ bhann-Eiphiteach, is dhùin e an uinneag agus na dorsan.

Ainmean agus feartan nan lusan

LEIS AN OLLAMH COLLA DÒMHNULLACH

THA fòghlum air dol ann am fad agus farsuinneachd agus tha sinn a’ deanamh uail á fiosrachadh an là diugh. Tha mòran nithean a bha foluichte air tighinn am follais agus chan eil ceann no crìoch air innleachdan agus teòmachd dhaoine. Rinn sinn tràill de’n dealanach agus gille-ruith dheth. Cluinidh sinn muinntir America agus sinn ’g ar garadh fhéin ri taobh an teine. Is iomadh doras a bha dùinte a tha nis fosgailte agus is iomadh innleachd agus goireas feumail a tha nis aig ar seirbhis. Ach an déidh so uile, chan’eil beachd cuimseach aig neach a nì tair air na linn-tean a dh’ fhalbh mar linn-tean dorcha aineolach. Chan’eil mise a’ creidsinn gu’n robh na seann Ghàidheil cho aineolach agus a tha daoine an diugh a’ fàgail orra.

Chan’eil craobh air aghaidh monaidh no an iochdar glinne nach robh air an ainmeachadh agus air an comharrachadh, agus chan’eil lus a chinn air sliabh no magh nach b’ aithne dhaibh. Bha iad am beachd nach robh galar

no eucail do’n robh duine buailteach gun mheadhon leighis am measg nan lusan agus nam blàithean a bha fàs mu’n cuairt orra. Bha gach duilleag agus freumh air fheuchainn agus an do thuit iad air cungaidh leigheis a thug furtachd agus feabhas air gach euslaint agus eucail. Bha eòlas leigheis cumanta am measg an t-sluaigh. Tha mòran de’n t-seann eòlas an diugh air dicheumhne ach is airdh iomradh a thoirt air beagan dheth. Is blàth chumanta an Eala-bhuidhe, ach cha robh i gun mheas ann an eòlas leigheis.

“An eala-bhuidhe ’s an neòinean bàn ’san t-sòbhrach an gleann fàs, na luibhean anns am faigheadh an leigh liath furtachd fhiachail do chreuchd is leon.”

Bha urram nach robh beag aig seòrsa foghannan ris an abradh iad Cluasan-fhéidh, mar leigheas cinnteach air gach gné de’n leann-dubh agus truimeadas inntinn.

Tha luibh chumanta eile ris an goirear “Cluas liath,” agus b’ àbhaist dhaibh na duilleagan a thiomachadh agus an toit a

tharruing troimh phìob mar a ni sinn air an tombaca. Bhrùicheadh iad na duilleagan agus bha an sùgh air a chumtas éifeachdach airson gach galar cléibh agus sgamhain. Is aithne dhuinn uile Lus-nan-leac, lus beag bòidheach, ach am bheil fhios againn gu'm bheil an sùgh ann am bainne math air son sùilean laga? Bha mór earbsa aca as a' "ghraban bhàn" air son casadaich agus bithidh luchd seinn agus labhairt 'g a ghabhail air son guth mìn rèidh a mhealtuinn.

Nach bòidheach "Bròg na cubhaig" ann an toiseach an t-samhraidh? Fhuair na seann Ghàidheil a mach gu'n tionndadh sùgh na luibh so bainne a' chruidh gu slaman cho math ri deasgain. Cha robh mór fheum anns a' "mhuislean" chionn nach itheadh an spreidh e, ach bha iad cinnteach gu'n robh math air choir-eigin an ceangal ris. Fhuair na mnathan a mach fheum; an uair a bhrùicheadh iad am muislean bheireadh an sùgh gach smal agus preas as an gnùis agus leigh-scadh e breacadh-sianain agus losgadh gréine. Is e am "falcair" ainm na luibh a bha aca airson tinneas sam bith a bha a' tighinn o'n ghrùthan agus o na h-àirnean. Ma's e an fheanntag, ged is beag a cliù, cha robh i gun fheum. Anns an earrach is tric a thig neasgaid-ean beaga air òigridh, agus is e brochan feanntag a bhiodh a' glanadh na fola agus a' toirt dhaibh craicionn mìn rèidh.

Chunnaic sinn uile seòrsa de rainneach meanbh ris an abair sinn "dubh-chasach"; agus tha i taitneach do'n t-stùil. Ach cò againn do'n aithne gu'm bheil sùgh na dubh-chasaich math airson tinneas a tha tighinn o'n dubh-liath?

Ri àm a' chogaidh bha iomradh agus iarraidh air a' chòinneach ris an abair Sphagnum. Ach b'èolach na seann Ghaidheil air brìgh agus buaidh na "mòintich liath." Gun teagamh cha d' rinn iad fuar-lit-de'n mhòintich, ach an uair a bhiodh iad sgèth le siubhall, chuireadh iad sùgh na mòintich liath ann an uisge, agus ghlanadh iad an casan ann. Thogadh so an sgìos. Ma tha thu am barail, a leughadair, gu'm bheil mi a' tagar tuilleadh èòlais airson ar sinnsireachd na bha aca, fògraidh mi teagamh le cumntas aighear air a' charraigan. Tha muinntir nan eileanan agus nan cladaichean èolach gu leòir air mar bhìadh taitneach, agus gu sònruichte airson tinneas a tha ann an dlùth dhàimh ri caitheamh. Tha eucail ann ris an abair daoine an diugh "goitre." Chan fhaca mi riamh an galar so anns na h-eileanan ach tha e cumanta air tìr-mór, agus gu h-àraidh aig astar o'n fhairge. Dhùisg an galar so iomagain am measg lighichean na h-Eòrpa agus America, agus tha iad a' deanamh a mach gur e dìth *Iodine* is aobhar do'n eucail. Ach tha *Iodine* ann an feamuin

agus ann an duileasg na mara, agus tha *Iodine* ann an carraigan. Ma's e *Iodine* an leigheas air "goitre" a fhuair lighichean móra na linn so a mach, nach bu ghleusda na Gàidheil a thuig o chionn mìle bliadhna cho slàinteil agus a bha duileasg agus carraigan! chan eil ùrachas fo'n ghrèin.

Is call mór a bhì leigeil air dichuimhne ainmean agus feum nan lusan, nan craobh agus gach gné feòir air an robh ar simsear èolach, agus ma théid an dearmad na's fhaide cha tuig sinn eadhon na bàird a bha dlùth bheachdachadh air obair nàduir agus a bha nochdadh 'n am bàrdachd fòghlum nach robh gann.

Ann an Oran an t-samhraidh thubhairt MacMhaighstir Alasdair—

" 'S cùbhraidh fàileadh do mhùineil a *chrios chù-chuilinn* nan càrn."

" Air ghilead mar lili nan làntean."

" Le d' ùraichean chreamhach fhàsmhor 's am buicein bàn orr' shuas."

Cha robh Donnachadh Bàn idir air deireadh ann am fòghlum nan lus agus nan craobh. Tha sreath no dha de bhàrdachd a' ruith air a' mhodh so—

" Am beàrnan-Bride 's a' pheighinn rioghail."

" Muran brioghar 's an grunnasg lionmhor."

" Brù-chorc is cìob."

" Is coltach e measg chàich

Ri iteodha an gàradh."

" Subhan-làire 's fàile ghroiseidean "

" Tha trusgan faoilidh air cruic an aonaich "

" Cuisseagan is riasg

'Chinneas air an t-sliabh."

" 'S an canach mìn geal is mislean ann."

Tha amharus agam gu'm bheil móran a bhiodh air an éigneachadh na'n robh aca ri obair nam bàrd eadar-theangachadh.

A thuilleadh air so, ged nach robh iad a' tighinn as a' Ghearmailt, cha robh ar n-athraichean gun sheòl air daithean a bha taitneach do'n t-stùil agus buan maireannach.

Thug iad dubh as a' chopaig, agus dubh le lannir bhòidhich á rusg na feàrna air a measgadh le umha. Bha dearg aca o rùsg na feàrna, agus "magenta" o'n bheàrnan-Bride. Thug an druman dhaibh gorm, agus an t-sùileag, seòrsa seilich, dath na feòla.

Ma bha buidhe a dlith orra, bhrùicheadh iad an roid, agus cha robh e gun fhios dhaibh gu'm fògradh bàrr na roid coigrich o'n àite-tàimh.

Ma's e purpur a bha 'g an dìth cha robh aca ach lus na feàrnaig a bhrùich, agus bha dath rioghail nan luchairt aca. Am bheil Gàidheil an là diugh a' deanamh an dleasdanas ma chailleas iad lorg an t-seann èòlais?

Bha lighichean ainmeil ann an Ile, ann am Muile, agus anns an eilean Sgiathanach. Cò nach cuala iomradh air an Ollamh Mhuileach. Is e Beatanach a bh'ann, agus bha e féin agus móran de ainm 'n an lighichean iomraiteach

aig Cloinn Illeathain Dhuairt. Bha an t-Ollamb mór, Iain Beatan, air adhlacadh ann an eilean I. anns a' bhliadhna 1657, agus chuir fear d'a chinneadh, Dòmhnall Beatan, clach chuimhne air anns a' bhliadhna 1674.

C' àite an d'fhuair Clann an Léigh—is e sin ainm nam Beatonach ann am Muile—an t-eòlas a bha aca chan fhios domh, ach gu'n robh mór fhòghlum aca, chan eil teagamh sam bith. Ma chùm iad mórán de'm fiosrachadh ann

an diomhaireachd an teaghlaichean cha robh an sluagh cumanta gun beagan eòlais air feartan agus meadhonan leigheis a thug furtachd agus fuasgladh dhaibh ann an là na trioblaid agus na teanntachd. Is dòcha gu'm bheil mórán de'n t seann eòlas ann an cruth nuadh aig reiceadaran chungaidhean leigheis an là so, ach cha bu mhisid sinn beagan tuilleadh fòghluim mu fheartan nan lusan agus nan craobh a tha fàs mu'n cuairt oirnn.

Aig an Uinneig

An t-Urramach Eòghan Mac Coinnich

AN toiseach na bliadhna thàinig am bàs gu h-obann air Eòghan Mac Coinnich a bha 'n a mhinistear an Gleann Moireasdan; duine sèimh agus duine maith. Thogadh e anns an eaglais Shaoir; bha a sheanair 'n a mhaighstir-sgoil, am Baile MacCathan, an sgìre Urchardan mo-Dhrostatic, is bha athair fad iomadh bliadhna 'n a mhisionaraidh aig an eaglais Shaoir anns na Hearadh.

A' cheud uair a chunnaic mi Eòghan Mac Coinnich bha e air tighinn dhachaidh air fòrlach as na h-Innsibh, is bha an ceangal so againn ri chéile, gu'n do bhaist mi pàisde nighinn dha ann an eaglais na Cille-mòire an Urchardan, nighean a tha an diugh i fhéin 'n a misionaraidh aig eaglais na h-Alba anns na h-Innsibh an Ear.

Shaothraich Mghr Mac Coinnich mar mhisionaraidh anns na dùthchanna thall fad uile làithean a bheatha, ach a mhàin am beagan bhliadhnachan bho thàinig e air ais á Tibet, agus an do rinn e a dhachaidh anns a' Ghàidhealtachd. Cha robh a' bheag de dhaoine geala d' am b' aithne Tibet cho mhaith ris, oir ged tha an dùthaich sin dùinte agus foluichte o shùilean choigreach, bha esan air a leigeil a steach innte, is shiubhail e i ach beag o cheann gu ceann. Chan e mhàin gu'n do leig an Dalai Lama a steach innte e ach nochd e fhéin agus na sagartan deagh-ghean is coibhneas dha.

Dh' ionnsaich e cannt an àite, a thuilleadh air cànan Innseanach eile no dhà, is thionndaidh e *Turus a' Chrìosduidh gu cannt Thibet*. Cha bu choltach ri chéile an dithis ud o'n leth-a-muigh, Iain Bunyan agus an Dalai Lama, ach co dhui tha an craicinn geal no buidhe no dubh, ma théid thu domhain gu leòir 'n an cridheachan, tha uile shluagh an domhain car coltach ri chéile. Tha comharraidhean mhic an duine orra uile.

Bho chionn trì bliadhna bha e air a shuidheachadh ann an Gleann Moireasdan far an robh meas mór air mar mhinistear agus mar dhuine gaolach ciùin. Chan e mhàin gu robh meas mór air ann an Gleann Moireasdan, ach bha meas aig a h-uile duine ann an eaglais na h-Alba air, aig a bheil ùgh anns an t-soisgeul agus gaol air daoine a tha eudmhor 'ga shearmonachadh.

An Codex Sinaiticus

Sin an t-ainm a thugadh air an t-seann Bhiobull a fhuaradh ann an tigh-mhanach air beinn Shinai ann an 1859. Chan 'eil gin de na craicinn air an robh am Biobull air a sgrìobhadh an toiseach a làthair an diugh, ach tha trì no ceithir a làthair fhathast a bha air an sgrìobhadh anns a' cheathramh no anns a' chòigeamh linn; agus is e so fear dhiubh. Fhuair sgoilear Gearmailteach, an t-Ollamb Tischendorf, anns an tigh-mhanach ud e, agus air a chomhairle thug na manaich an leabhar priseil do Iompaire Russia gu bhi air a ghleidheadh gu sàbhailte 'n a leabhar-bann am Baile-Pheadair. An uair a chualas gu robh an fheadhainn a tha riaghladh Russia an diugh air son am Biobull fiachail so a reic dh' fheuch an dùthaich so ri cheannach, agus mu dheireadh thug am Museum Breatunnach ceud mìle punnd Sasunnach air, a' phris as mò a thugadh air leabhar riamh.

Ann an aon seadh, cha bhiodh call mór ann ged nach faigheamaid an leabhar so, oir rannsaich sgoilearan gu mionaideach cheana e agus is aithne dhaibh a h-uile litir a tha eadar an dà chlàr aige. Chan 'eil duilleag ann nach do ghabhadh a dealbh. Ach ann an seadh eile tha e 'na aobhar toileachaidh gu'n d' fhuair an leabhar a dhachaidh a nis ann an dùthaich aig an robh meas riamh air a' Bhiobull, agus am measg dhaoine a tha dìchiollach gus am Biobull a chraobh-sgoileadh am measg chinneach eile.

A dh' aindeòin gach teachd-gearr a dh' fhaodar a chur as leth Bhreatuinn is dùthaich i aig an robh meas air a' Bhiobull riamh, agus aig a bheil meas air a' Bhiobull an diugh fhathast, dùthaich a tha cur a' Bhiobull air thoiseach air eaglais no sagairt no cléir no ministir mar riaghailt teagaisg agus mar riaghailt beatha. Tha e freagarrach, ma ta, gu'm biodh an leabhar fiachail so air chùram na dùthcha so gu bràth; is feumar Comhairle an Rìgh a mholadh, agus Ramsay Mac Dhòmhnuill gu sònruichte, a chionn gu'n do chuir iad creideas na rioghachd an urras gus am Biobull so fhaotainn. Sin gnìomh usal, ach cha chuir gnìomharan usal duine no rioghachd gu bochdainn gu bràth. Na'n a thig an là anns am fàs Breatunn spìocach no leibideach!



Marked
moof

Athair na soillse

Is beannaichte an duine a ghiùlaineas buaireadh : oir an uair a dhearbhar e, gheibh e crùn na beatha a gheall an Tighearna dhaibh-san a ghràdhaicheas e. Na h-abradh duine air bith an uair a bhuairear e, Tha mi air mo bhuaireadh le Dia : oir tha e eu-comasach Dia a bhuaireadh le ole, cha mhò a bhuaireas esan duine air bith. Ach tha gach duine air a bhuaireadh an uair a tha e air a tharruing air falbh le ana-miann féin, agus air a mhealladh. An sin air do 'n ana-miann a bhí torrach, beiridh e peacadh : agus air do 'n pheacadh tighinn g'a Lin-fhàs, beiridh e bás. Na bithibh air 'ur mealladh, mo bhràithre gràdhach, tha gach uile dheagh thabhartas, agus gach uile thìodhlac ionlan o'n àirde, a' teachd a nuas o Athair na soillse, maille ris nach 'eil atharrachadh no sgàil tionndaidh."—Litir Sheumais, i. 12-17. (An ceartachadh mu dheireadh, 1902.)

THA am facal buaireadh air a chleachdadh anns an Tiomnadh Nuadh ann an dà dhòigh :

- (1) Cruadal, no deuchainnean, no trioblaidean na beatha so a dhearbhas creideamh agus faighidinn dhaoine. Anns an t-seadh so faodaidh buaireadh tighinn o Dhia.
- (2) Rud sam bith a dhùisgeas droch iartus ann an inntinn no ann am feòil duine, agus a bhrosnuicheas e qu peacadh. Anns an t-seadh so cha chomasach a thiginn o Dhia.

Ann an toiseach na litreach so tha Seumas a' cleachdadh an fhacail anns an dòigh as farsuinge. Bha fhios aige qu robh an eaglais ann na làithean ud a' fulang ana-cainnt is geur-leanmhuinn o'n t-saoghal, ach an àite a ràdh ris na naoimh gu robh e duilich air an son, is e thubhairt e, " Measaibh e 'n a ghàirdeachas an uair a thuiteas sibh ann an iomadh gné buairidh, air dhuibh fios a bhí agaibh gu'n oibrich dearbhadh 'ur creidimh faighidinn " (i. 2-3). Agus anns an earrann so tha e ag ràdh, " Is beannaichte an duine a ghiùlaineas buaireadh : oir an uair a dhearbhar e gheibh e crùn na beatha."

Tha feòil is cridhe mhic an duine a' fuamh, is tha e nàdurra gu'n cuireadh cumnartan is trioblaidean u t-saoghal eagal air, ach is fhiach dha cruadal fhuilang ma bheir e mach toradh sìochail na fireantachd 'n a bheatha. Bha Pol de'n aon bheachd ri Seumas air a' chiùis so, oir tha e ag ràdh (*Rom. v. 3*), " Deanaid mar an ceudna gàirdeachas 'n ar n-àmhgharan : air dhuinn fios a bhí againn gu'n oibrich àmhghar faighidinn ; agus faighidinn, dearbhadh ; agus dearbhadh, dòchas : agus cha nàraich an dòchas." Tha Peadar ag ràdh an nì ceudna, " Tha sibh a nis ré tanuill fo bhròn tre iomadh gné buairidh ; a chum gu 'm bi dearbhadh 'ur creidimh, a tha na's brachmhoire na òr a théid am mugha ged tha e air a dhearbhadh le teine, air fhaighinn a chum cliù, agus gloire, agus urraim, aig foillseachadh Iosa Criosd (*1 Pead. i. 6, 7*).

Tha eachdraidh na h-eaglais a' teagasg

dhuinn gu soilleir gu bheil cruadal 'na àile beatha dhi. Cha b'ann idir anns na bliadh-nachan foisneachail a rinn na naoimh euchdan gaisgeil agus a chòmhraig iad deagh chòmhrag, ach anns na linntean buairesach anns am b' fheadar dhaibh am fuil a dhòrtadh air son an creidimh. An uair a bu mhotha sith is soirbheachadh na h-eaglais thàinig am marbh-antachd a' bhàis oirre, ach ann an làithean na geur-leanmhuinn dhealraich a solus anns an t-saoghal. Chan 'eil e maith do dhaoine no do eaglaisean gach nì fhaotainn a réir am miann, no suaimhneas gun bhriseadh a mhealtainn. Ma gheibh iad sin, is dòcha gu 'm bi iad coltach ri Moab a shocruch air a dheasgainnean. Is beannaichte an duine a ghiùlaineas buaireadh, oir an uair a dhearbhar e, gheibh e crùn na beatha.

Gheibh e crùn na beatha. Ged nach 'eil an gealladh so air a sgrìobhadh ann an gin de na soisgeil faodar a bhí cinnteach gu'n do labhair Criosd uair air chor-eigin na facail a tha Seumas a' cur 'na bheul. Cha do ghleidh na soisgeul-aichean air chumhne ach beagan de theagasg Chriosd, is tha e coltach gur e so aon de na facail a dhìchiumhnich iad, no co dhiu, nach do chuir iad sìos. " Tha mar an ceudna móran nithean eile a rinn Iosa agus na'm bitheadh iad sgrìobhta gach aon diubh, is i mo bharail nach cumadh eadhon an saoghal féin na leabh-raichean a rachadh a sgrìobhadh " (*Eoin xxi. 25*).

Ach ged nach 'eil an gealladh so r'a fhaotainn anns na soisgeil bha e air a chumail air chumhne anns an eaglais, oir tha Pol agus Eoin a' labhairt nime cho mhaith ri Seumas. " Bi thusa dileas gu bás agus bheir mise dhuit crùn na beatha " (*Taisbean ii. 10*). " O so a mach tha crùn na fireantachd taisgte fa m' chomhair, a bheir an Tighearna, am breitheamh cothromach, dhomh anns an là ud ; agus chan ann dòmhsa mhàin, ach dhaibh-san uile mar an ceudna, a thug gràdh da' fhoillseachadh " (*2 Timot. ii. 8*).

Chan 'eil an gealladh so air a thoirt do na h-uile, ach dhaibh-san a mhàin a dh' fhuilingeas cruadal mar dheagh shaighdearan Iosa Criosd. Chan e na h-uile a dhearbhar a gheibh crùn

12

3m

na beatha, oir tha mórán air an tomhas air a' mheigh agus air am faotainn easbhuidheach. Tha an duais mhór so air a gealltainn dhaibhsan a bhuanaiheas gus a' chrìoch; na daoine anns an d'oibrich dearbhadh an creidimh faighidinn is dilseachd is dòchas. Do mhóran dhaoine tha am beatha anns an t-saoghal so air bheagan socair no fois; tha a' ghaoth an ceann gach latha, agus na tonnan a' dol thairis orra gun sgur, agus mur bitheadh gu bheil dòchas aca gu bheil sìth is sonas a' feitheamh orra aig ceann an turias cha b' urrainn dhaibh dol air an aghaidh. Bha fhios aig Crìosd, an Maighstir caomhail, air sin, is theagamh gur e sin an t-aobhar gu'n do labhair e mu'n duais a tha feitheamh air sluagh an Tighearna ann an riochachd nèimh. Agus a dh'aindeòin na their an saoghal magail mu fhéinealachd nan naomh ann a bhi sealltuinn ri duais aig teachd an Tighearna, tha an dòchas a tha iad ag altrum 'na mheadhou air an daingneachadh ann am beatha na diadhaidheachd. Tha cumhachd anns an dòchas so a shaoras iad o ghaol a' pheacaidh, oir tha iad ag iarraidh tire anns nach 'eil peacadh.

Crìon na beatha; nach maiseach an samhladh sin air an oighreachd a tha feitheamh air sluagh an Tighearna ann an riochachd an t-soluis? Chan 'eil ann ach samhladh, oir ged labhradh duine Te teangaidhean dhaoine agus aingeal cha b' urrainn dha ruighinn air na nithean a tha an crùn a' samhlachadh. Tha iad a' dol thar gach uile thuigse, "nithean nach faca sùil, agus nach cuala cluas, agus nach d' thàinig ann an cridhe duine, gach ni a dh'ullaich Dia dhaibhsan aig am bheil gràdh dha." An diugh, agus am màireach, agus an ath latha, tha glòir ùr a' tighinn anns an t-sealladh, ach fathast chan fhaicear ach earlais de'n oighreachd, agus eadhon aig deireadh ar beatha bidh an tìr so cian fad as.

Ach ged tha staid shiorruidh nan naomh ann an tòmhas mór falaichte bhuainn, tha aobhar aig an eaglais a bhi an comain nam fàidhean agus nan abstol a chionn gu'n do labhair iad air glòir an t-saoghail eile ann an samhlaidhean maiseach nach fàs gu bràth suarrach no leana-bail; samhlaidhean a dhùisgeas iongnadh is ionndrainn ann an cridhe an tì a leughas iad, agus a chumas maise na naomhachd fa chomhair a shùil.

Crìon na beatha; sin duais is oighreachd nan naomh. Is e Dia *tobar na beatha*, agus is e tìodhlae Dhe *beatha*. Tha a' bheatha sin cheana anns na h-uile a tha tighinn beò ann an co-chomunn a spioraid; aig a bheil am beatha, mar tha Pol ag ràdh, air a falach maille ri Crìosd ann an Dia. Ach ann an nèamh gheibh iad lànachd is iomlanachd na beatha so; a bheatha shiorruidh nach 'eil aca au tràth-sa dhith ach earlais. Bithidh co-chomunn gun

bhiseadh aca ri Dia, agus a chionn gur e Dia *tobar* na beatha cha luìdh aois orra agus cha bhean bàs riutha. Is e am bàs siorruidh dealachadh a bhi eadar an t-anam agus Dia, *tobar na beatha*.

Anns a' chuid mu dheireadh de'n earrann so tha Suemas a' cleachdadh an fhacail *buaireadh* anns an dara dòigh a dh'ainmich mi. Tha e coltach gu 'm b'aithne dha droch dhaoine air chor-eigin a bha cur coire am peacaidh féin air. Dia, oir tha e ag ràdh gu bheil e eu-comasach Dia a bhuaireadh le ole, agus nach mò a bhuaireas esan duine air bith. Cia as, ma ta, a tha buaireadh? Tha Seumas ag ràdh gu bheil gach duine air a bhuaireadh an uair a tha e air a tharruing air falbh le ana-miann féin, agus air a mhealladh. Cìod air bith a mhiannaicheas e, co dhiu is e socair na feòla, no glòir an t-saoghail, no baoth-shùgradh, no cuid a choimhearsnaich, is ann 'na chridhe féin a tha am miann ag éiridh an toiseach, agus mur bitheadh am miann ann cha bhithheadh na nithean sin 'n am buaireadh dha. An uair a choinnicheas *ana-miann* agus *cothrom* r'a chéile tha iad a' pòsadh; 'na dhéidh sin beirear dhaibh am *peacadh*, agus au uair a thig esan gu ìre, beiridh e am bàs. Ged nach cuir siune coire ar peacaidhean air Dia, tha sinn glé bhitheanta a' cur na coire air daoine agus air nithean a tha an taobh a muigh dhinn féin, an àite a' dèachadh gu saor gu'n do bhuaireadh sinn le ar n-ana-miannan féin.

Chan 'eil teagamh nach faod daoine a bhi ann an suidheachadh agus am measg chompanach a mheudaicheas buaireadh dhaibh, ach ma b' urrainn dhaibh an suidheachadh sin atharrachadh agus na companaich sin a sheachnadh, chan 'eil còir air bith aca dìon no neart iarraidh o Dhia agus an dean iad sin. Chan 'eil còir air bith aig duine iarraidh air Dia rud a dheanamh a b' urrainn e dheanamh e féin. Ma ni duine an ùrnuigh anns a' mhaduinn, "Na leig ann am buaireadh mi," agus an sin na théid e le comhairle shuidhichte far an tachair am buaireadh air, cha ruig e leas ionghuadh a bhi air anns an fheasgar nach do fhreagair Dia ùrnuigh na maidne. "Na bithibh air 'ur mealladh, mo bhràithre gràdhach," tha Seumas ag ràdh, "tha buaireadh a' tighinn o ar n-ana-miann féin, ach o Athair na soillse tha gach uile dheagh thabhartas agus gach uile thìodhlae iomlan.

Athair na soillse; nach bòidheach agus nach brioghmhor am facal sin mar aon a dh'ainmean Dhe? Is e a' ghrian Athair na soillse, mac mór an aigh a tha dòrtadh soluis is blàths is beatha air a' chruthachadh uile. Is grian Ichobhah; thig atharrachadh air a' ghréin a tha anns na speuran agus sgàil air a h-aghaidh air uairean, ach cha 'n atharraich esan agus cha mhùchar a sholus. Eiridh ise anns a' mhaduinn agus laighidh i anns an fheasgar, ach tha deal-

radh glòire Dhe gun mhùghadh. Tha feartan a bheatha a' tuiteam air gach ceàrn is oisinn de'n t-saoghal aig an aon àm, agus a là 's a db' oidhche. Tha e an ni ceudna an dé, agus an diugh, agus gu siorruidh. Mar bha e anns an toiseach, mar sin tha e, agus bithidh e fad linne na siorruidheachd. Cha téid a sholas as agus chan fhàilnich a neart. Tha e gun atharrachadh no sgàil tionndaidh. Bithibh cinnteach, tha Seumas ag ràdh, nach 'eil

dorchadas ann an Dia agus mar sin nach buair e duine air bith. Bithibh cinnteach mar an ceudna gur e smuaintean sìthe a tha aig Athair na soillse do 'ur taobh, a thoirt dhuibh gach uile dheagh thabhartas agus gach uile fhìodhlac iomlan. "Ma's aithne dhuibhse a tha ole tiòdhlacan maithe a thoirt do 'ur cloinn nach mò gu mór na sin a bheir 'ur n-Athair a tha air nèamh nithe maithe dhaibh-san a dh' iarras air iad?" (*Mata* vii. 11.)

Fuaran Beò Nach Traoigh

LEIS AN URRAMACH TOMAS M. MACCALMAIN, M.A., MINISTEAR GHLINN EILGE

THA Soisgeul Mhata a' comh-dhùnadh leis an òrdugh dheireannach a thug an Tighearn Iosa d'a dheisciobuil, òrdugh a bha air a chiallachadh air son na h-eaglaise anns gach linn; "Thugadh dhomh-sa gach uile chumhachd air nèamh agus air thalamh. Uime sin inichibhse, agus deanaibh deisciobuil de gach uile chinneach . . . a' teagasg dhaibh gach uile ni a dh' aithn mise dhuibh a choimhead" (*Mata* xxviii. 18-20). Agus mar sheòladh dhaibh air an dòigh anns an còir an t-òrdugh so a choimhlionadh, thuirt e riù a ris mu'n do thogadh suas e, "Gheibh sibhse cumhachd an uair a thig an Spiorad naomh oirbh; agus bithidh sibh 'n ur fianusean dhòmh-sa, araon ann an Ierusalem, agus ann an Iudea uile, agus ann an Samaria, agus gu iomall na talmhainn" (*Gnìomh*. i. 8).

Mar sin tha e soilleir gur e so an seòrsa seirbhis a tha aig an eaglais r'a dheanamh, daoine a threòrachadh gu Crìosd leis an fhianuis a tha i a' togail air-san. Tha an eaglais ri bhì càradh buaidh gràdh Dhé ann an Crìosd ri beatha fheumach an t-saoghail le dearbhadh a beatha féin gu'm bheil i a' toirt tuilleadh agus buaidh trid-san a ghràdhaich i. "Bithidh sibh 'n ur fianusean dhòmh-sa;"—briathran glé shìmplidh, ach gu dé na tha iad a' filleadh a stigh! Is i so a' ghràinne sil o'n do chinnich creideamh, dòchas, agus deanadas nan naomh, agus nam martaireach, agus nam mìltean a bhàrr orra, air nach 'eil iomradh ann an eachdraidh an t-saoghail ach aig am bheil an ainmean sgrìobhte ann an leabhar-cuimhne Dhé; is e so am freumh o'n d'fhàs saothair ioma-ghnéitheach na h-eaglaise fad dà mhìle bliadhna. Ged is e togail fianuis an da-rìreadh a tha ann an fhìor shearmonachadh an fhacail anns a' chùbaid agus ann an aideachadh follaiseach aig bòrd a' chomanachaidh, bha fada barrachd na sin aig Crìosd anns an amharc an uair a thug e an t-òrdugh ud. Chan 'eil dleasdanas dligheach sam bith no suidheachadh anns am bi sinn nach fhaod sinn a bhì togail fianuis ann an sin. "Gach ni air bith a ni sibh ann am focal no ann an gnìomh, deanaibh iad uile ann an ainm an Tighearn Iosa

. . . deanaibh o 'ur cridhe iad mar do'n Tigh-earna."

Fianuis ar Beatha

Chan ann le diadhachd ar dreach no le cràbhadh-beòil ach leis an spiorad anns am bheil sinn a' dol an sàs anns gach ni a bhitheas sinn 'n ar fianusean dhà-san. Cuiridh sinn impidh air daoine eile tighinn agus roghainn a dheanamh de'n chuid mhaith ma dhearbhas sinn orra le fianuis ar beatha gu'n d'rinn e feum dhuinn féin. Cha dean sgeul a thàinig d' ar n-ionnsaigh air sgiathan na gaoithe feum sam bith dhuinne no do dhaoine eile; ach ma's urrainn sinn an da-rìreadh fianuis a dheanamh, chan ann a mhàin air ni a chuala sinn, ach air ni a chunnaic sinn le ar sùilean agus a làimhsich sinn le ar làmhan agus a dh' fhiosraich sinn 'nar beatha, is ann mar sin a chuireas sinn an céill do dhaoine eile saobhreas do-rannsaichte Chrìosd a chum gu'm bi aca-san mar an ceudna comunn ruinn agus ris-san agus gu'm bi iad 'n an deisciobuil dhà-san. Is i so obair na h-eaglaise, iadsan a tha fad as a tharruing am fagus agus a thoirt fo bhuaidh soisgeul Chrìosd le bhì nochdadh dhaibh na rinn e do 'n dream a ghabh ris.

B'ì so an obair a chuir Crìosd fa chomhair 'eaglaise; nochd e mar an ceudna an dòigh a b' fheàrr air dol an car na h-oibre sin, "Bithidh sibh 'n ur fianusean dhòmh-sa, araon ann an Ierusalem, agus ann an Iudea uile, agus ann an Samaria, agus gu iomall na talmhainn." Tha an obair so ri bhì air a deanamh gu dòigheil, òrdail, a' tòiseachadh an àite sònruichte agus a' dol air adhart ceum air cheum gus am bi fadheòidh an t-òrdugh air a làn-choimhlionadh. Tha slighe na seirbhis a' tòiseachadh aig ar cagailte féin agus as a sin a' cuairteachadh an domhain.

Aig a' Bhaile

Feumar tòiseachadh ann an Ierusalem; 'n ar sgìreachd agus 'n ar baile féin; am measg ar dàimh agus ar luchd-eòlais. Buinidh ar ceud dleasdanas dhaibh-san a tha air an ceangal suas

ann an céanglachan na beatha maille ruinn. Is furasda labhairt mu ghràdh do dhaoine dubha nan Insean, oir chan 'eil iad a' cur ar gràidh gu dearbhadh le bhì a chòmhnuidh fo'n aon tughadh ruinn; ach air dhuinn a bhì gu tric cho mothachail air teachd-gèarr na muinntir a tha mu'n cuairt oirm gach làthà, chan 'eil e idir soirbh an gràdhachadh mar is còir. Agus is duilich tòiseachadh ann an Ierusalem; chan 'eil fàidh gun urram ach 'n a dhùthaich fhéin agus am measg a chàirdean fhéin. Ach ma's urrainn duit fianuis shoilleir a thogail anns na sràidean anns an do chluich thu 'n ad leanabh agus far an do chuir thu dhìot iomadh car gòrach 'n ad òige, bheir d' fhianuis buaidh an àite air bith. Mar sin is e an coimhthional anns gach sgìreachd àite-tòiseachaidh ar fianuis. Anns an eaglais ud anns a' chlachan tha an t-seann sgeul air innseadh Sàbaid an déidh Sàbaid chum ùrachadh thoirt do na h-uile a dh'èisdeas; ach bu chòir do dheagh-bhuaidh a' choimhthionail mar an ceudna a bhì ruigheachd gach dachaidh anns an sgìreachd, 'g am frithealadh ann an éiginn, 'g an comhfhurtachadh ann am bròn, chum gu'n deanar an cam dìreach agus na h-ionadan garbha 'n an còmhnard réidh, air los nach bi luchd-turus na beatha air seachran, a dh'aindeòin am baoghaltais.

Ach ged tha mòran againn air ar ceangal ris an ionad anns am bheil ar cuid agus ar crann-chur, cha ruigear a leas ar fianuis a chumail fo chrìochan ann an sin. Le bhì toirt aire agus cuideachaidh a réir ar comais do shaothair fharsuing na h-eaglaise d' am buin sinn, théid againn air buaidh an t-soisgeil a chraobh-sgaoileadh air feadh an domhain, air chor agus gu'n cluinnear ann an iomall na talmhainn mac-talla a' co-fhreagairt do 'n aoradh agus seirbhis a tha sinne a' deanamh ann an uaigneas ar sgìreachd fein. Ged nach cuireamaid cas gu bràth thar crìochan ar sgìreachd, agus ged nach gluais sinn o gheata Ierusalem, ar baile féin, faodaidh sinn fhathast a bhì 'n ar fianuisean ann an Iudea uile, agus ann an Samaria, agus gu iomall na talmhainn.

Obair na h-Eaglais

Ach ciamar a dh' fhaodas so a bhì? Tha gach eaglais a' tairgse d' a buill meadhonan tre am faod iad cuideachadh leis an fhianuis sin a dheanamh; agus air son soilleireachd a chuir air a' chùis amharcamaid air obair ar n-eaglaise féin, Eaglais na h-Alba, ged tha a' cheart nì fìor mu gach eaglais eile. Ged bhitheas daoine le cion smuain air uairean a' càineadh àrd-chomhairlean agus luchd-riaghlaidh na h-eaglaise aig 121 *Sràid-Dheòrsa*, agus ged is tric a bhitheas pàirt againn air ar sàruchadh le duilleagan a' tighinn thugainn leis gach post a' sireadh airgid air son sud agus so, chan fhaod sinn dichuimhneachadh gu'm bheil na comun-

an-riaghlaidh agus na rùn-chléirich ann an oifigean na h-eaglaise an Dun-éideann air an sàidheachadh chum gu'm bi e an comas do na h-uile a bhuineas do'n eaglais o Rudha Robhanais gu Maol nan Gall a bhì cuideachadh fianuis a dheanamh air feadh an t-saoghail air buaidh agus beannachd an t-soisgeil, a' toirt cothrom do gach aon againn leis an àill a bhì 'n ar fianuisean do Chrìosd chan ann a mhàin ann an Ierusalem againn fhéin ach mar an ceudna ann an Iudea uile (ar dùthaich agus ar rioghachd), agus ann an Samaria (an Roinn-Eorpa agus dùthchannan ar dàimh an tìrean céin) agus gu iomall na talmhainn. Leis a' chuideachadh a bheir sinne seachad, tha an "*Home Mission Department*" a' gabhail os làimh seirbhis a dheanamh ann an Iudea, ar dùthaich fein, a' togail eaglaisean agus a' suidheachadh choimhthionalan ùra (*Church Extension*), a' cuideachadh le coimhthionalan bochda, a' frithealadh do luchd an iasgaidh agus do iomadh seòrsa eile, a' cruinneachadh a steach na h-òigridh agus na cloinne (*Youth and Education Department*), a' daingneachadh stuamachd (*Temperance Committee*), agus a' cur air adhart gach oidhirp chum leas an t-sluaigh (*Church and Nation Committee, Christian Life and Work, etc.*). Ann am facal, 'nar rioghachd féin tha an eaglais ag oidhirpeachadh air a bhì deanamh an nì a bha an Tighearna Iosa a' deanamh air a thurusan air feadh Ghalile agus Iudea, a' dol mu'n cuairt a' deanamh maith. Tre "*Overseas Department*" na h-eaglaise tha ar fianuis air a togail ann an Samaria, ann an dùthchannan coimhearsnachail, anns an Roinn-Eorpa (*Continental Missions*), am measg ar dàimh thar sàile (*Colonial Missions*), agus am measg nan Iudhach anns gach ceàrn. Tre shaothair nan uile a tha fo chùram nam "*Foreign Missions*" tha ar fianuis air a giùlan gu iomall na talmhainn, am measg dhaoine buidhe is ruadha is dubha de gach creud agus cinneach.

Eifeachd na h-Aibhne dha

Chan 'eil a h-aon againn beò dha fhéin, agus cha mhotha na sin a tha coimhthional beò dha fhéin. Tha tìodhlacan Dhé air an toirt a chum a bhì air an roinn. Agus ma bhlais sinne gu'm bheil an Tighearna gràs-mhor, togamaid fianuis air na chuala agus na chunnaic agus na làimhsich agus na dh' fhiosraich sinn de dh' fhacal na beatha; gu pearsanta ann an Ierusalem, baile ar còmhnuidh, agus, ged nach gluais sinn gu bràth á Ierusalem, craobh-sgaoileamaid ar fianuis, tre na meadhonan a tha ar n-eaglais a' tairgse dhuinn, ann an Iudea uile agus ann an Samaria agus gu iomall na talmhainn, le ar dùrachd, ar deagh-ghean, ar n-ùrnuighean, agus ar tabhartasan.

Gheibhear na bha sinn feuchainn ri ràdh ann an so mu obair agus dleasdanas na h-eaglaise air

a chur gu dealbhach snasail leis an fhàidh Eseciel (caib. xlvii) : Thug e mi a ris, ars' esan, gu dorus an teampuill, agus, feuch, bhrùchd uisgeachan a mach o iochdar stairsnich an tighe air taobh na h-altarach. Agus an uair a chaidh an duine aig an robh an t-sreang 'n a làimh a mach, thomhais e mìle làmh-choille, agus bha na h-uisgeachan gu ruig na h-aobranan. A ris thomhais e mìle, agus bha na h-uisgeachan gu ruig na glùinean. A ris thomhais e mìle, agus bha na h-uisgeachan gu ruig na leasraidh. Na dhéidh sin thomhais e mìle, agus bha na h-uisgeachan 'n an sruth nach b'urrainn mi dol thairis air, oir na h-uisgeachan air éirigh, uisgeachan air son snàmh annta, abhainn nach b'urrainnear dol troimpe. Agus, feuch, air bruaich na h-aibhne bha ro-mhóran craobh. An sin thuirt an duine rium, Tha na h-uisgeachan so a' dol sìos do 'n fhàsach, agus mairidh gach nì beò far an tig an abhainn, agus bithidh toradh nan craobh air son bidh agus an duilleach air son leighis.

O iochdar stairsnich m'eaglaise fhéin anns a' chill, far am bi mi ag aoradh gach Sàbaid agus ag éisdeachd ri sean sgeul mór-aobhneis mar nach cuala mi rianh e, faodaidh fuaran a bhi air fhosgladh o 'm brùchd a mach sruthan beag a chuireas cuairt air an sgìreachd, ag ùrachadh agus a' glanadh beatha na coimhearsnachd,

sruthan a bhithas a' sìor-fhàs agus a' dol a mach feadh na tìre gu léir, agus fa-dheòidh a ruigeas iomall na talmhainn mar abhainn mhóir air dhith bhi air a meudachadh leis na sruthain beaga a tha ruith a mach g' a h-ionnsaigh o gach coimhthional eile. Agus mairidh gach nì beò far an tig an abhainn. Agus air bruaich na h-aibhne bithidh craobhan le an toradh air son bidh agus an duilleach air son leighis. Agus mar is motha a théid na fuarain sin fhosgladh anns gach coimhthional is ann as fhaisge a thig an t-am anns an "lionar an talmh le eòlas an Tighearnamar a chòmhdhaicheas na h-uisgeachan aigein na fairge" (Isa. xi. 9). Agus ann an iolach buaidh an Tì sin aig am bheil "a ghuth mar thoirm mhóran uisgeachan" cluinnidh gach aon againn torman an t-sruthain a dh'éirich 'nar cridheachan féin agus a shruth a mach bhuainn le beannachd gu iomall na talmhainn, gu daoine nach fhaic sinn gu bràth anns an t-saoghal so, faodaidh e bhi, ach bithidh aithne aig ar Tighearna orra agus bithidh fios aige-san cia as a dh'éirich an sruthan a thug d' an ionnsaigh an t-uisge beò. "Ge b'e neach a dh'òlas de 'n uisge a bheir mise dha, cha bhi tart gu bràth air : ach an t-uisge a bheir mise dha, bithidh e 'n a thobar uisge ann, a' sruthadh snas chum na beatha maireannaich"—eadhon *fuaran beò nach traigh*.

Annas a' Chathair

BHO chionn ghoirid bha co-chruinneachadh de bhàrdachd Ghàidhlig air a chur a mach ann an leabhar beag bòidheach anns a bheil uiread grinneis 's gu'm bu mhaith leam a ràdh air an duilleig so, '*S e do bheatha, a leabhrair bhig bhàin ; gu ma fada maireann na làmhnan a sgrìobh thu.*

Bha na rannan Gàidhlig air an cruinneachadh, á iomadh seann leabhar anns an robh iad air am foluch, leis an Urramach Iain Mac Eachairn, M.A., B.D., F.S.A.(Scot.) agus air an tionndadh gu Beurla le Pàdraig MacGlynn, M.A., D.Litt., is eadar am blas a tha air na rannan féin agus an snas leis a bheil iad air an cur an ranntachd Bheurla, is leabhar so a bheir toileachadh do shùilean agus do chridheachan dhaoine aig a bheil gaol air ealadhain is grinneas. Gu ruig dealbh na caillich-oidheche is cumadh nan litrichean a tha air a' chlàr tha an leabhran so finealta is grunn.

Tha e duilich do dhuine co-chruinneachadh de 'n t-seòrsa so a dheanamh gun chothrom a thoirt do dhaoine eile a ràdh, "Car son a chuir thu ann sud, no car son nach do chuir thu ann so," oir tha a roghainn agus a dhùt féin aig a h-uile duine am measg obair nam bàrd. Sin seachas aig nach 'eil ceann no crìoch, ma thòisichear idir air. Ach cha thòisich mise co

dhù air seachas diomhain mar sin air an duilleig so : tha fhios agam nach ann air thuairream a thagh na sgoilearan ud na dàin agus na h-òrain a chuir iad anns an leabhar so, agus gu robh aobhar aca a bha maith 'n an siùlean féin air son gach roghainn a rinn iad.

Gheibhear an so bàrdachd o iomadh linn ; Dughall Bochanan ; Iain MacCodrum ; Lachlainn MacPhearsain, Srath Maithisidh ; Eòghan MacLachlainn Obar Dheathain ; Uilleam Ròs ; Calum Macphàrlain ; Domhaull MacEachairn. Gheibhear ann rannan nach 'eil fhios cò rinn iad, is rannan nach 'eilear cinnteach cò rinn iad ged tha iad air am fàgail air daoine sònruichte. Gheibhear ann rannan as an dà dhàn as ainmeile am measg nan seann dàn, *Miann a' Bhàird Aosda*, agus *Comhachag na Sròine*, an dàn a bha air a dheanamh le Dòmhnall MacFhionnlaidh, an Loch Abar.

B'e sud eun a bu ghlice agus a b' fhiosraiche a bhruidhinn Gàidhlig riamh, is cha mhór gu bheil gin de mhaithean an ionmsachaidh nach bi a' dol thuice an diugh fhathast air ghaol a seachnas.

'S e choire as motha air dàin is òrain Ghàidhealach am bitheantas, gu bheil iad ro fhada. Sin a' choire as miosa ann an searmoin Ghàidhlig cuideachd. An uair a thòisich eadh na daoine

againne cha robh e furasda dhaibh sgur ; cha robh iad a' creidsinn gur fhèarr an t-uireasbhuid na tuilleadh 's a chòir. Cha mhìd cuid de na dàin so ma ta, gu bheil iad air an giorrachadh ; chan 'eil dad de'm blas air a chall.

Gheibhear barrachd de shaothair nan seana bhàrd anns an leabhar so na gheibhear ann de shaothair nan ginealan as dlùithe dhùinn. Theagamb gu bheil aobhar air so nach aithne dhòmhsa (oir chan 'eil eòlas agam air na sgoilearan a chuir a mach e) ach saoilidh mi gur e so an fhìor aobhar, gu robh barrachd ealadhain agus cumadalachd agus riaghailt ann an oibrichean nan seana bhàrd na tha ann an oibrichean nam bàrd a thàinig 'n an déidh. Bha na seann dàin air an sgrìobhadh le sgoilearan ; daoine a dh' ionnsaich an ealadhain o litreachas chinneach eile cho mhaith ri litreachas an dùthcha féin ; daoine d'am b' aithne riaghailt a chur 'n an obair, riaghailt 'n an smuaineachadh, 'n an cainnt, agus 'n am meadrachd. An uair a thòisicheas duine air criomain de bhàrdachd Ghàidhlig a lorgachadh anns a bheil na trì nithean so, brìgh, cumadh, is grinneas, tha e na's fhasa dha na criomain sin fhaotainn anns na seana bhàrd a bha 'n an sgoilearan na anns na bàird nodha aig nach robh ach solus nàduir agus lionmhorachd bhriathran.

Chan 'eil Donnacha Bàn uiread 's air ainmeachadh anns an leabhar so, no MacMhaighstir Alasdair. Chan ann a dh' fhaotainn coire do'n fheadhainn a chuir ri chéile e a tha mi ag ràdh so, oir cha b' urrainn dhaibh a' Chlair uile a chur ann an leabhran anns nach teachdadh ach am beagan. Ach o'n thàinig mi thairis air an rud idir faodaidh mi a ràdh nach robh bàrd riamh anns a' Ghàidhealtachd as mìosa air am freagair deise Shasunnach no deise Bheurla na Donnacha Bàn. Cha mholadh so air ach tha e fìor. Cho fad 's a dh' fhàgar e anns an deise chlà a bluingeas dha gu nàdurra tha Donnacha Bàn maith gu leòir, ach ann an deise air bith eile chan 'eil ann ach Samson gun ghruaig. Na saoilidh duine air bith gu bheil e a' deanamh seirbhis do 'n Ghàidhlig no do chliù ar litreachais le bhì tronndadh bàrdachd Dhonnacha Bhàin gu Beurla. Rinn longa móra is longa beaga long-bhrisidh air a' chreig sin cheana.

Ach air a shon sin bu mhaith leam Pàdraig MacGlynn fhaicinn 'g a fheuchainn, chan ann a chionn gu bheil ùigh air bith agamsa ann an Donnacha Bàn (is e an fhìrinn nach toigh leam idir e) ach a chionn gu'm bu mhaith leam fhaicinn a' feuchainn fhiacal air na cnothan as cruaidhe. Anns an leabhar so rinn e obair a tha snasmhor, obair a chuir iongnadh orm air a' cheud lèngadh agus a chuir am barrachd iongnaidh orm air an ath leughadh. Tha ealadhain is grinneas air a làimh gun teagamh. Is aithne dhomh duine no dhà a dheanadh an obair a rinn an t-Urramach Iain MacEachairn

anns an leabhar so a cheart cho mhaith ris-san (ged nach 'eil sin a' ciallachadh nach do rinn e a chuid féin le tuigse agus le grinneas mar sgoilear maith) ach chan aithne dhomh duine idir a b' urrainn an obair a rinn Pàdraig MacGlynn a dheanamh.

Thubhairt cuid-eigin a bha sgrìobhadh mu'n leabhar so an là ròimh nach 'eil dad eadar a dhà chlàr nach 'eil furasda gu leòr do Ghàidheil a thuigsinn. Och, Och, bu mhaith na'm b' fhìor. Ach is e an fhìrinn gu bheil rannan anns an leabhar so nach 'eil mòran dhaoine an Albainn a thuigeadh iad gun chuideachadh. Cia meud de luchd-leughaidh na duilleagan so a thuigeadh na rannan ud ?

*Caraimse fos, ferr gach clù,
Oc nu lebran leir ingnu :
Ni foirmtech frim Pangur Bàn,
Caraid cesin a macdán.*

*Orubiam, scél cen scis,
Innar tegdais ar noendis :
Taitiunn dichrichide clius,
Ni fristarddam arnathius.*

*Gnàth huaraib ar gressaib gal
Glènaid luch inna linsam :
Os mé dofuit im lín chéin
Dliged ndoraid cu ndronchéill.*

Sin rannan a bha air an sgrìobhadh le sgoilear Eireannach o chionn dà cheud deug bliadhna. Anns na làithean sin bha an aon chainnt agus an aon litreachas aig Gàidheil na h-Alba agus aig Gàidheil na h-Eireann. Is ann á Eirinn a sgaoil na Gàidheil an toiseach do Albainn. Eadhon ri linn Chaluim-Chille bha bàird agus sgoilearan lionmhor an Eirinn ; lean Sitreachas air sàil a' Chreidimh Chriosduidh, is thàinig i do'n Ghàidhealtachd le manaich na h-I. Fad mìle bliadhna bha ceangal dlùth eadar Albainn agus Eirinn ; cha robh déalachadh eatorra 'n an cainnt no 'n am bàrdachd gu suas ri àm an Ath-leasachaidh no suas ris an àm anns an do chaill. Tighearnan nan Eileanan an cumhachd agus an ùghdarras. Chan 'eil e furasda do dhuine a chorrag a chur air an fhìor àm anns an do bhris an aon sruth so 'n a dha shruth, ach faodar a ràdh gur ann anns a' Ghàidhlig Eireannach a bha litreachas na Gàidhealtachd air a sgrìobhadh gus an t-sè-amh linn deug co dhù. Bha leabhar Urnuigh an Easbuig, Eoin Carswell, air a chur a mach ann an 1567, is tha an leabhar sin air a sgrìobhadh an Gàidhlig na h-Eireann. Ach lean sgoilearan air a' chainnt so a sgrìobhadh mòran na b' fhaide na lean an tuath air a bruidhinn. Uaith so faodaidh sibh a thuigsinn gu bheil oighreachd bhreagh is sealbh neo-ghann aig na Gàidheil nach do shealbhaich iad riamh gu ceart a chionn nach 'eil eòlas againn air an t-seann chainnt. Gun

ach suil a thoirt air an leabhran bheag so anns an dol seachad chi thu gu bheil dileab luachmho, a dh' fhàg na seann sgoilearan agus na seana bhàird againn a' dol a dhìth oirnn le cion eòlais.

Air a h-uile duilleig de'n leabhar bheag so gheibh thu làn-beòil air a bheil blas na meala, ach chan fhasd mi tòiseachadh air an crònanaich air an duilleig so. Faigheadh gach seillean a mhil dha féin. Chan eil an leabhar a cosd ach trì tasdain is se sgillinn.

Ma mhol mi e os cionn na eòrach is e an t-aobhar gur toigh leam *grinneas* anns gach seòl 's an tachair e orm, agus is e sin a' cheud smuain agus an smuain mu dheireadh a dhùisg an leabhran so 'n am inntinn, a *grinneas*. Tha e bòidheach ri sealltainn air; tha e cuimhir is

furasd a leughadh; tha rannan ann air a bheil am blas ceart; tha eadhon na tiotail a tha os an cionn air an liomhadh mar a liombas fear-ceairde maith obair a làimhe. Ach a thuilleadh air sin uile, tha obair Phàdraig Mhic Glynn cho crìochnaichte agus cho snasmhor 's gu'n do chuir i farmad orm; chan e idir am farmad mosach a ni treabhadh ach am farmad laghach a chumas duine glic 'n a thàmh, a' sealltainn gu sòlasach air an fhear eile a treabhadh.

Ma théid an leabhar a chur uair eile 's a' chlà cha bu mhisd e na tiotail no na facail-chinn air duilleagan 40 agus 41 a bhì air an atharachadh; theagamh gur h-aithne do Mgr Mac Eachairn am facal, gur bochd an *gnothuch onoir duine a bhì an ite geoidh*.

Am Measg Nan Eaglaisean Gàidhealach

LEIS AN URRAMACH ALASDAIR I. MOIREASDAN, M.A., OBAR DHEATHAIN

DH' fhosgladh air mìos deireannach na bliadhna a chaidh eaglais shnasmhor an eilean Scalpaidd 's na Hearadh. Cuimhnichidh ar leughadairean gu'n do dhùilt a' chuid bu mhò de shluagh an eilein so an t-Aonadh a leantuinn an 1929, agus gu'n tugadh a steach iad do'n Eaglais Shaoir. Ach dh' fhan na ceathrar eildeirean, dithis de na deacoim, agus buidheann ghasda de na buill agus de 'n luchd-leanmhuinn, dileas do dh' Eaglais na h-Alba. 'N uair a chaidh am fògaradh a mach as an tigh-choinnimh, chruinnich iad fad cheithir bliadhna 's an tigh-sgoile. Tha sinn a nis a' deanamh gàirdeachais gu bheil tigh-aoraidh maiseach, lurach aca dhaibh féin, a chumas dà cheud pearsa. Bha ministear tapaidh, measail, a' choimhthionail, an t-Urr. Donnachadh MacLeòid, aig ceann na seirbhis là an fhosglaidh. Liubhair an t-Urr. Tormad MacLeòid, Uige, searmoin drùighteach air a Choimhcheangal Nuadh, agus ghabh an t-Urr. Murachadh Mac Suain, Cheannloch, fear a mhuinntir an eilein, agus an t-Urr. Fearachar Ceanadaidh, Mhànaid, mar an ceudna pàirt 's an t-seirbhis. Lionadh an eaglais le coimhthional grinn as an eilean fhein agus á iomadh ceàrn de Leòdhas 's de na Hearadh. Tha sinn a' moladh do shluagh Eaglais na h-Alba an Scalpaidd cho duineil 's cho seasmhach 's a tha iad, agus tha sinn a' guidhe beannachd an Tì is àirde orra 'n an aoradh 's 'n an seirbhis 's na làithean a tha ri teachd.

* * * * *

Tha e 'n a nì tlachdmhor gu bheil gineal de ghillean òga fiùghail, comasach, ag éirigh suas 's a' Ghàidhealtachd is anns na h-eileanan a lionas cùbaidean Gàidhlig. Chaidh seisear dhiubh sin a shuidheachadh an coimhthionalan

Gàidhealach 's a bhliadhna a chaidh seachad. Buidh ceathrar do Leòdhas agus dithis do na Hearadh, dà cheàrn 's an d' àraicheadh a cheana mòran aodhairean do threud Dhè.

* * * * *

Phòsadh an t-Urr. Murachadh Mac Suain, M.A., ri coimhthional Cheann-loch an Leòdhas. 'S ann á Scalpaidd 's na Hearadh a tha an teachdaire òg fileanta so. 'S e athair aon de chinn-iùil na h-eaglais 's an eilean sin. 'S mór an cliù a tha aig coimhthional eireachdail Cheann-loch air son blàthas is dùrachd. Gu ma maith a théid leò 's le am ministear!

* * * * *

'S e an t-Urr. Aonghas Dòmhnallach ministear ùr, ionmhuinn, Bheàrnaraidh na Hearadh, far an do shuidhicheadh e aig toiseach an t-samhraidh. Buidh e do eilean Scarp, aig ceann eile na Hearadh. Tha fìor dheagh theist air mar shearmonaiche, agus 'n uair a bha e 'n a oileanach an Obair-Dheathain 's e bha air ceann nan seirbhisean Gàidhlig 's a' bhaile-mhór sin. Tha raon-oibreach bhriagh aige am Bèarnaraidh, far am beil òige agus aois a tha ainmeil air son am frith-eilteachd air meadhonan nan gràs air Sàbaid 's air seachdain. Leanar an teachdaire 's an coimhthional so le mór-dhùrachd 's le ùrnuighean an càrdean.

* * * * *

Ghàirm coimhthional nan Loch an Leòdhas an t-Urr. Donnachadh Mac Coinnich gu bhì 'n a aodhair dhaibh ball-direach an dèidh dha cùrsa an fhoghlum a chrìochnachadh. 'S ann a mhuinntir an Rudha an Leòdhas a tha e, agus tha e 'n a òganach ceanalta cliù-teach, agus s'n a dheadh mhinistear an Tiom-

naidh Nuaidh. Tha e nis air ceann sluagh caomhneil, càrdeil, beothail, nan Loch, agus tha mor-mhisneachd aige toiseach a sheirbhis.

* * * * *

Shuidhicheadh an t-Urr. Seumas Mac Aoidh mar mhinistear Mheilneis agus Eiribol an Cataobh. Rugadh is thogadh e an Cràbhlasta an sgrì Uige, Leòdhais. Tha deagh chuimhne 's na h-eileanan air athair, "Aonghas Néill," duine simplidh, ionraie, eudmhor, a bha tric a' labhairt air a Cheisd aig amanna òrduigh. "Air son do shinnsir bidh do chlann 'n am prionnsaibh anns gach àit." Is teachdaire comasach, soisgeulach, Seumas Mac Aoidh fhéin. Tha pobull réidh, aonaichte aige am Melneis 's an Eiribol, far am buin an luchd-àiteachaidh neo-roinntte do Eaglais na h-Alba. Tha sinn de 'n bharail gu'm beil cùisean ar leth gealltanach 's an sgrì so.

* * * * *

Tha Leòdhasach eile air a phòsadh ri coimhthional 's an t-siorrachd cheudna, an t-Urr. Aonghas Mac Choinnich, M.A., an Asaint agus an Stòir. Tha am ministear measail so a mhuinntir sgìre nan Loch, agus tha moladh air mar dhuine 's mar shearmonaiche anns gach àite 's an aithnichear e. Anns an raon fharsuing far an do thuit a chrannchur, am measg sluagh dileas, cridheil, bidh sùil gu'm bi mòr-thoradh o shaothair.

'S ann as na Lochan cuideachd a thàinig ministear òg tàlannach Loch-Carrann, an t-Urr. Ruairidh Smith, M.A. A ris tha sinn a' faicinn fear a dh' eildeirean na h-eaglais, Niall Smith, a' toirt a mbìe do'n mhinistireil-eachd. Is maith agus is gealltanach an comharradh. Tha buadhan sònraichte inn-tinn aig Ruairidh Smith, agus tha e tomadach, drùigheach, a' cur an cèll na firinn. Cuirear meas air a theachdaireachd an coimhthional fìachail Loch-Carrann.

* * * * *

'Nuair a tha sinn a' toirt dìthbheatha do chuid de mhinisterrean òga na Gàidhealtachd, tha sinn a' fàgail s' an le cuid eile. Chaidh dithis o thoiseach a' gheamhraidh a null thairis, an t-Urr. Murachadh Mac Leòid, Uidhist a Deas, gu Valparaiso, an ceann Deas America, agus an t-Urr. Ruairidh Mac Fhionghuin, M.A. Nig, Ros Eararach, gu eilean Mhauritius. Tha sinn ro-dhoilich na daoine smiorail, comasach so a chall as ar dùthaich, ach tha sinn a' rùnachadh maith is soirbheas dhoibh ann a bhi giùlan lòchran an t-soisgeil a oh' ionnsuich ionadan cèin.

(Tha mi duilich nach aithne dhomh na gillean òga so, ach tha mi an dòchas nach cuir iad an coinneal fo bheul soithich, agus gu sònraichte nach cuir iad i fo leabaidh, ach gu'n cuir iad i far a bheil feum oirre, ann an coinnleas an Leabhair Ghuirm so. Am fear-deasachaidh).

SEIDIBH, le trompaid chruaidh,

An fhuaim tha aoibhinn, àit,

"Thoirt fios mar thaisbean Dia,

Do 'n t-saogh'l a ghràs gu pailt'.

Tha bliadhna Iubilé air teachd ;

Pillibh, a pheacaich shaorta, 'steach.

Iosa, ar 'sagart àrd

Le 'bhàs làn réite rinn ;

'Luchd-trioblaid, gabhaidh tàmh,

'An Crìosd air feadh gach linn.

Tha bliadhna Iubilé air teachd,

Pillibh, a pheacaich shaorta, 'steach.

Ardaichibh Uan ar Dé,

An t-Uan thug ciont air falbh ;

Air slàinte shaoir, troimh 'fhuil,

Gabhadh gach aon neach seilbh.

Tha bliadhna Iubilé air teachd ;

Pillibh, a pheacaich shaorta, 'steach.

A bhraighde truagh 'tha 'n sàs,

Làn shaorsa gabhaibh leibh ;

Air tèaruinteachd gu bràth,

Le Iosa gheibh sibh seilbh.

Tha bliadhna Iubilé air teachd ;

Pillibh, a pheacaich shaorta, 'steach.

Sibhse a reic gu faoin

An oighreachd ghloirmhor shuas,

Gabhaibh a' ghibht air ais,

Gun airgiod is gun luach.

Tha bliadhna Iubilé air teachd ;

Pillibh, a pheacaich shaorta, 'steach.



Di-dòmhaich Càsg

'S ait an sgeul tha 'n dìugh ri luaidh
Dh' éirich Iosa Criosd le buaidh.

Mur d' éirich Criosd gu deimhin is dìomhain ar searmonachadh-ne agus is dìomhain 'ur creideamb-se.—*Pol.*

Dh' éirich an Tighearn da rìreadh agus chunnacas le Simon e.—*Lucas.*

Chunnacas 'n a dhéidh sin e leis an dà fhear dheug ; 'n a dhéidh sin le tuilleadh agus còig ceud bràthair aig an aon àm ; 'n a dhéidh sin chunnacas e le Seumas, agus a ris leis na h-abstoil uile ; 'n a dhéidh sin chunnacas leam-sa e mar an ceudna.—*Pol.*

An sin bha aoibhneas air na deisciobuil an uair a chunnaic iad an Tighearn.—*Eoin.*

Fàille do'n là 's an d' éirich Criosd
Le cumhachd nìos o'n uaigh.

Cionnus a tha feadhainn 'n ar measg-sa ag ràdh, Nach 'eil aiseirigh nam marbh ann ?—*Pol.*

Ma chreideas sinn gu'n d' fhuair Iosa bàs, agus gu'n d' éirich e a ris, amhuil sin mar an ceudna an dream a chaidil ann an Iosa, bheir Dia maille ris.—*Pol.*

O uaigh e' àite a bheil do bhuaidh ?—*Pol.*

Buidheachas do Dhia a tha toirt dhuinne na buadha tre ar Tighearn Iosa Criosd.—*Pol.*

Beannaichte gu robh Dia gu bràth !

A chuir ar nàmh fo chois

'S a thug dhuinn trid ar Ceannard Criosd
Buaidh shiorruidh agus fois.

Aingeal a' Chruaidh-Ghleachd

(*Searmoìn Comanachaidh.*)

LEIS AN URRAMACH CALUM MAC LEÒID, AN EAGLAIS IAIN KNOX, AN GLASCHU

"Agus dh' fhoillsicheadh dha aingeal o nèamh 'g a neartachadh."—*LUCAS XXII. 43.*

CHA b' ann gun aobhar a chaidh an Slàn-
Cuighear beannaichte leis an aon dheisciobul dheug do ghàradh Ghetsemane air feasgar na càsga. Nuair a bhios duine fo iomagain agus an àmhghar agus fo throm thrioblaid iarraidh e chum na dachaidh agus còmhla ri chuideachd fhéin. Ge b'e àite am bi sinn is ann a chum na dachaidh a dh' iarras sinn an latha na trioblaid is a bhròin ; bitheadh an dachaidh àrd no ìosal, bochd no beartach, is ann thuice dh' iarras sinn aig àm na trioblaid is na h-éigin. Tha iad ag innseadh dhòmhsa gu'n dean am fiadh-bheathach fhéin air a leabaidh-laidhe ann an uaighidheachd na beinne nuair a chi e gu bheil cunnart is cruadal am fagus ; agus an t-eun nuair a théid a leòn no nuair a tha e fo bhròn airson àil nach fbaigh-e ar falbh bho an nead e gus an toir e duil thairis. Agus cò againn a bha riamh air falbh agus sinn an teanntachd no an éigin nach ann chon na dachaidh a dh' iarradh sinn ?

Cha robh, ma tha, tigh no dachaidh air thalamh aig an t-Slànucighear beannaichte ; ach uair sam bith a bhithheadh e 's a' bhaile-mhór b' e a dhachaidh is eaglais-uaigheach

gàradh Ghetsemane. Thug caraid caomh, uachdaran an liosa, làn chead dha a bhì a steach is a mach as mar a dh' iarradh e ; bha dorus an liosa fosgailte dha fhéin agus dha dheisciobuil a là is a dh' oidhche. B' e so a dhachaidh is àite na h-ùrnuigh uaighnich aige nuair a bhiodh e 's a' bhaile naomh. B' e so an t-àite far an robh gu minic co-chomunn is conaltradh dìomhair aige ris an Athair fo sholus na gealaich is fo dhealradh nan reul. So far an robh esan aig an dachaidh da rìreadh, agus far an tric an deachaidh e fhéin agus na deisciobuil an uaighidheas a dh' iarradh fois is fasgaidh an Athar shiorruidh.

Tha nis là na càsg air a thighinn agus am baile naomh làn agus a cur thairis le sluagh a thàinig a chumail na féille. Ghléidh Iosa agus a dheisciobuil a' chuir 's an t-sèomar uachdarach, agus dh' innis e dhaibh gu robh an t-àm am fagus anns am brathais esan agus anns am bitheadh an t-Uan càsg, a bha air a mharbhadh o leagadh bunaitean an domhain, air a cheusadh. Dh' ith iad a' chàsg aig a' bhòrd naomh, agus thubhairt e riu agus e a' briseadh an arain ; " Is e so mo chorp-sa a

tha air a bhriseadh air bhur son-se.” Agus mar an ceudna thog e an cupan agus thubhairt e riu; “Is e an cupan so an coimh-cheangal nuadh ann am fhuil-sa.” Tha mo chorp-sa gu bhì air a bhriseadh agus m' fhuil-sa gu bhì air a dòrtadh, ars' esan, air bhur son-se agus airson peacaidh mhòrain.

Gràinealachd a' pheacaidh

Tha uair is cumhachd an dorchadais a' teamadh dlùth; tha peacaidhean a' chinne-dhaoine agus an nàmhaid le a naimhdeas air a thòir-san. Tha an t-àm an fagus anns am feum e an t-eallach uamhasach a ghabhail air fhéin agus fulang 'n ar n-àite o'n is ann a chum na criche so a thàinig e do'n t-saoghal. Tha an t-eallach uamhasach is gràineil, da rìreadh. Na's uamhasaiche is na's gràineile na thuig eadhon esan gu so. Cò an druim a sheasas ris? Cò an spiorad nach bris e? O! gràinealachd a' pheacaidh! O! truimead aingidheachd dhaoine!! Tha an Tì a chruthaich na saoghail ag creanachadh; tha an Dia siorruidh fo uamhunn. Tha am Mac gràdhach fo iomagain is fo bhròn. Tha fuath an eallaich is dubhar an fhulangais mhóir a' dùimhlachadh timchioll orra 's an t-seòmar uachdarach. Tha e gus an tachdadh. An latha na h-éigin 's a' bhròn iarrar chon na dachaidh. “Eiribh,” ars esan. “Rachamaid a so.” Agus chaidh e le ceum trom agus le mór thogradh, agus na deiseibuil as a dhéidh, gu sliabh nan crann-ola; agus nuair a ràinig iad an t-àite chaidh iad a steach do Ghetsemane. Dhùin e an doras as a déidh. Is maith a bhì an so, ars' esan ris fhéin, ann an uaignidheas a' ghàraidh far a' bheil fagadh is làthaireachd an Athar. Agus ar leis gu'n cuala e an t-Athair ag ràdh: “Tha thu air a thighinn, a Mhic mo ghràidh.”

Cha 'ann gun aobhar, a charaid, a chaidh an Slànuighear beannaichte, tha mi ag ràdh, do ghàradh Ghetsemane air feasgar a' chruaidh-ghleachd. Tha Mata ag ràdh; “An sin thàinig Iosa maille riu gu ionad d'an goirear Getsemane, agus thubhairt e ris na deiseibuil; Suidhibh-se an so gus an téid mise a dheanamh ùrnuigh an sud. Agus thug e Peadar leis agus dithis mhac Shebede agus thòisich e air a bhì brònach agus ro dhoilich. An sin thubhairt e riu, Tha m' anam ro bhrònach eadhon gu bàs: fanaibh-se an so, agus deanamh faire maille rium-sa. Agus dh' imich e beagan air adhart agus thuit e air aghaidh a' deanamh ùrnuigh, agus ag ràdh, O m' Athair, ma dh' fhaodas e bhì rachadh an cupan so seachad orm; gidheadh, na bitheadh e mar is àill leam-sa ach mar is toil leat-sa.” Agus tha Marcus ag ràdh; “thòisich e air a bhì fo uamh-chrith agus fo anabarr bròin.”

Is ann an so a tha e ag cur a ghuailllean fo'n eallach a ghiùlanas e air falbh air a' chrann am màireach. Agus an uair a chunnaic e e, agus a dh' fhairich e e, thòisich e air a bhì fo uamh-chrith is fo anabarr bròin. Tha aingidheachd dhaoine na 's truiteam agus am peacadh n' as gràineile na bha e a' smaoinichadh; tha an cupan na 's seirbhe is na 's motha is na 's làine de phuinsan peacaidhean dhaoine na dh' fhiosraich e gus a nis. Ghabh eadhon esan uamhas. Agus leig e e fhéin air a ghlùinean agus rinn e ùrnuigh ag ràdh; “Athair, ma's toil leat cuir an cupan so seachad orm; gidheadh chan e mo thoil-sa, ach do thoil-sa gu robh deanta.” Tha na nèamhan ag amharc agus tha ifrinn fosgailte agus air chrith ach dé a nì e; ach am faic iad a' bheil eadhon esan comasach air an eallach gràineil a ghiùlan; agus a bheil e comasach air a bhì 'n a iobairt-réitich air son dhaoine.

Agus dh' fhoillsicheadh dha aingéal o nèamh 'ga neartachadh. Chuir e an uair sin a dhruim fo an eallach agus rinneadh esan do nach b' aithne peacadh 'n a iobairt-pheacaidh air ar son-ne. O anam, is e sin na choisinn do shaorsa is do shlàinte do Chrìosd. “Deanamh so,” ars' esan, “mar chuimhneachan orm-sa.” Agus air dha a bhì ann an cruaidh-ghleachd anama, rinn e ùrnuigh ni bu dùrachdaiche; agus bha fhallus mar bhraonan móra fala a' tuiteam sìos air an talamh. Agus sin air mo shon-sa, agus air do shon-sa.

Chan 'eil e air innseadh dé an aingéal a bha an so. Ach dé an aingéal a bha airidh no comasach air a leithid a nì, ach an Spiorad Naomh fhéin. Is e Dia an Spiorad Naomh fhéin a bha airidh is comasach air esan a neartachadh ann an anam is am bodhaig 'n a leithid a shuidheachadh is 'n a leithid a dh' fheum. So ma ta aingéal a' chruaidh-ghleachd, agus faodaidh sinn faighneachd cionnas a neartaich e an Slànuighear beannaichte 'n a leithid a chàs.

Aonaranachd a' pheacaidh

1. *An toiseach le bhì leigeil fhaicinn dhà nach robh e 'na aonar.* Tha aonaranachd an cois a' pheacaidh. Nuair a tha thusa a' deanamh peacaidh tha thu 'g a do thearbadh fhéin air falbh bho Dia is bho dhaoine is bho ainglean. Nuair a nì an leanabh dad ceàrr tha e 'ga fhaighinn fhéin 'n aonar, leis fhéin agus eadar-dhealichte bho'n chuid eile de an teaghlach, agus gu h-àraidh bho'n athair is bho'n mhàthair. Agus cha bhì sith no sonas aige gus an aidich e a chiont agus gu'm bidh e rithist maraon ri càch. Tha am peacadh 'g ar tabhairt fad as bho Dhia is bho dhuine; tha e 'g ar cur an crò leinn fhéin; is e féinealachd is miann leis.

Tha cuimhne agam a bhi leughadh ann an seann searmoin Gàidhlig a chaidh a sgrìobhadh 's an ochdamh linn leis an diadhair urramach is ainmeil sin Adhamhnan gu robh esan no cuid-eigin 'n a ainm ag ràdh gu'm bidh anaman cailte ann an ifrinn ann an céis no an crò leotha fhéin, agus iad air an caírteachadh le lasraichean siorruidh. Co-dhiu, tha fhios agad-sa agus agam-sa gu bheil am peacadh 'g ar gearradh air falbh bho Dhia is bho chaidreamh dhaoine maith is caomh. Dé, ma tha, mar a bha aonaranachd an Tì sin a ghabh air fhéin peacaidhean a' chinne-daonna gu léir? Thàinig aingeal a' chruaidh-ghleachd agus nochd e dha-san nach robh e 'na aonar; gu robh an Spiorad Naomh maille ris. Agus bha e air a neartachadh airson an callaich agus airson a' bhàis air an chrann air an là-arn-mhàireach.

Cumhachd an dorchadais

Bha cuideachd uair an nàmhaid is cumhachd an dorchadais cho uamhasach agus gu'n tug iad bhuaith gnùis an Athar; bha an t-eallach cho mór is cho gràineil agus gu'n tug e bhuaith grian is gealach aghaidh an Athar ghlòr-mhor. Bha e a' faireachadh agus e ag giùlan ar peacaidhean-ne gu robh e 'na aonar. O, aonaranachd a' pheacaidh! Ach dh' fhoillsich-eadh dhà aingeal o nèamh 'g a neartachadh, a' leigeil fhaicinn dha nach robh e 'n a aonar; gu robh an t-Athair maille ris. Agus tha e cur feum air an sin air son an là màireach oir bidh an t-eallach cho trom air a' chrann, agus an cupan cho mór is cho searbh is cho salach agus nach urrainn an t-Athair siorruidh fhéin a bhi ag amharc air fulangasan Mac a ghràidh gun aghaidh a thionndadh air falbh. Agus b' fheudar dha-san éigheach: "Mo Dhia, mo Dhia, car son a thréig thu mi." O, aonaranachd a' pheacaidh, agus fulangais Mhic Dhe, agus sin air ar son-ne!

Bha a rithist aingeal a' chruaidh-ghleachd 'g a neartachadh ann a bhi leigeil fhaicinn dha nach robh e 'n a aonar a thaobh a dheiseibhuil. ged bha iad gus a thréigsinn car greis, nach robh esan gus an call; gu seasadh iad e fhéin agus a chiùis fhathast, agus sin a chum bàis. Bha gràdh aca dhà ged bha iad trom cadalach le bròn. Mar sin neartaich aingeal a' chruaidh-ghleachd e gus fa-dheòidh an robh e comasach, tre fhulangasan siorruidh air esan do nach b' aithne peacadh a dheanamh 'n a iobairt-pheacaidh air ar son-ne. "Gabbaibh, ithibh, is e so mo chorp-sa a tha air a bhriseadh air bhur son-se, deanamh so mar chuimhneachan orm-sa."

2. *Bha a rithist aingeal a' chruaidh-ghleachd 'g a neartachadh le bhi nochdadh an t-sòlais a bha roimhe.* Tha cuimhne agad gu bheil an t-abstol ag ràdh agus e a' sgrìobhadh chum nan

Eabhruidheach mu dhéidhim "neach airson an aoibhneis a chuireadh roimhe, a dh' fhuing an crann-censaidh, a' cur na nàire an neo-shuim." Neartaich an aingeal e le bhi nochdadh dha caidreamh an Athar agus an t-aoibhneas a tha an cois sin. Chuir so spionnadh nuadh mar gu'm b' eadh ann an gaisgeach treun nam buadh. Cha ruig e leas tuilleadh làthaireachd is caidreamh is comunn an Athar fhàgail gu siorruidh buan. Neartaicheadh e le bhi leigeil fhaicinn dha an t-aoibhneas a bha roimhe maille ris an Athair tre linntean na siorruidheachd. Seadh, agus maille ris an Spiorad Naomh fhéin agus maille ri ainglean na glòire.

Agus a thuilleadh air an sin bha e air a neartachadh leis an aoibhneas a bha roimhe nuair a bhitheadh toil an Athar air a coilionadh leis-san. B' e toil an Athar dha-san gu'n giùlanadh e an t-eallach so, agus gu fuilingeadh e 'n ar n-àite-ne agus mar sin gu'm bitheadh eucartan is peacaidhean a' chinne-daonna air an toirt air falbh. B' e miann is iarraidh Chrìosd toil an Athar a dheanamh, agus b' e aoibhneas nan aoibhneas dha-san nuair a dh' amharceadh e air ais agus a chitheadh e an toil sin air a coilionadh gu tur is gu h-ìomlan le fhulangasan air a' chrann. Neartaich so e ann a bhi gabhail air fhéin an callaich ghràineil is do-thuigsinn. O, nach uamhasach na chosd ar saorsa is ar sonas dha-san! Cha b' iongnadh ged a dhùisgeadh e gràdh is eud naomh 'n ar cridheachan. So ar n-iobairt-réite-ne; so cridhe an t-soisgeil dhuinne. "Deanaibh so mar chuimhneachan ormsa, oir ge minic is a dh' itheas sibh an t-aran so agus a dh' òlas sibh an cupan so tha sibh a' foillseachadh bàis an Tighearna gus an tig e."

Aoibhneas an t-Slànuigheir

Rud eile. Bha aoibhneas roimhe a chionn gu robh e dol a thabhairt buaidh air an nàmhaid agus air a' pheacadh. Bha iad le chéile cumhachdach is gràineil. Riamh o thàinig iad do an t-saoghal cha deach buaidh a thoirt orra, àch a nis tha esan tre fhulangais is tre bhàs air a' chrann a' dol a bhriseadh an cumhachd, agus a' dol a thabhairt air falbh an gràinealachd. "Agus iarrar peacaidhean Iudah agus cha bhi iad ann agus lochdan Israel agus chan fhaighcar iad." Agus neartaich an aingeal e leis an so.

Bha a rithist aoibhneas roimhe air son a' mhór-shluagh a bha gu bhi air an saoradh tre a bhàs agus tre fhulangasan; air son na muinntir ghràdhach sin a thug an t-Athair dhà agus a ghabh ris mar Shlànuighear is mar fhear-gràidh; air son na muinntir ionmhuinn sin a bha gu bhi air an tèarnadh troimhe-san agus a bha gu bhi maille ris ann an glòir feadh

uile linntean na siorruidheachd, a' seinn òrain Mhaois agus an Uain. Neartaich an aingeal leis an so e agus ar rùm agus ar n-àite-ne a ghabhail ann am fulangas peacaidh is feirge aingidheachd. “Deanaibh so mar chuimhneachan ormsa.”

Aon rud eile. Bha e air a neartachadh gu mór le aoibhneas nan nèamhan agus na dachaidh bhuan agus bheannaichte a bha roimhe. Nuair a ruigeadh e dorus na glòire agus a choinnicheadh an t-Athair e agus a theireadh e ris; Tha thu, a ghaoil, air tighinn dachaidh. Thug thu bruid am braighdeanas agus fhuair thu tiodhlac do dhaoine. Choilion thu mo thoil agus shaor thu mo shluagh. Bha an cath cruaidh agus am fulangas mór agus am bròn dòruinneach, ach b' fhiach an sòlas so uile e. Agus dh' fhoillsicheadh dha aingeal o nèamh 'g a neartachadh, agus e fo uamh-

chriht is fo anabarr bròin air ar son-ne agus 'n ar n-àite-ne. O, na chosd sinn dhà agus an gràdh a thug e dhuinn! cha b' iongnadh ged dh' fhuilingeadh sinn air a shon-san agus ged bheireadh sinn gràdh dha-san.

*“B' e sud an cupan uamhasach,
A' fhuair e ann a làimh;
Peacadh 'n t-saoghail 'g a chuartachadh
'S gach duais a bhuineadh dha;
Na dh' fhuil'geadh 'n saoghal gu siorruidheachd
De phiantaibh is de chràdh,
Chaidh sud a leagadh còmhla air,
'S an deoch ud dh' òl 'n an àit.”*

Agus dh' fhoillsicheadh dha aingeal o nèamh 'g a neartachadh. “Deanaibh so mar chuimhneachan ormsa.” Théid sinn dha ionnsuidh aig a' Bhòrd agus ni sinn sinn.

Aig an Uinneig

A' caoidh nan aithrichean

THA fear an déidh fir de na h-aithrichean a' dol as an t-sealladh; anns an àireamh so tha againn ri iomradh a dheanamh air a' chall a thàinig air an eaglais le bàs an Urramaich D. A. Mac Dhòmhnuille, D.D., a bha 'n a mhinistear an Cill Mhoire anns an eilean Sgitheanach, dà fhichead bliadhna 's a còig, agus le bàs a' Mhorair Sands.

Ged nach b' aithne dhòmhsa an t-Ollamh Dòmhnuilleach gu pearsanta bha mi eòlach gu leòr air ainm, is tha fhios agam gu robh e fo dheagh chliù mar fhear-teagaisg, agus gu sònruichte mar fhear-dùthcha aig an robh suim do chor aimsireil an t-sluaigh cho mhaith ri an uireasbhuidhean spioradail.

Rugadh e an eilean I ann an 1847; an déidh dha bhì air oileanachadh ann an Collaist na h-eaglais Shaoir an Glaschu bha e air a shuidheachadh an Cill Chuimein. Dhl' fhan e deich bliadhna an Cille Chuimein, agus an sin chaidh e do Chill Mhoire far an do shaothraich e uile làithean a bheatha tuilleadh. Bha e air gach Bòrd a bha anns a' cheann ud de'n eilean; bha coimhthional mór làidir aige, is bha taobh bhlàth aige riamh ris an tuath an uair a bhiodh iad a' tagar an còirichean o thighearnan-fearainn no o mhaithnean eile an t-saoghail so. Rinn sin e 'n a dhuine comharraichte anns an eilean Sgitheanach is thug Oil-thigh Ghlaschu D.D., dha o chionn bhliadhnanachan. Ràinig e aois mhór; bha e ceithir fichead 's a seachd.

An lagh agus an soisgeul

Rinn am Morair Sands iomadh rud maith agus iomadh rud gleusda 'n a bheatha, ach b'e an rud a b' fheàrr a rinn e riamh an t-iom-

ram a rinn e anns na làithean anns an robhtar a' feuchainn ris na h-eaglaisean a tharruing ri chéile an Albainn. Bha làmh aig iomadh duine eile anns an obair ud, ach mur bitheadh gu robh ceann a' Mhorair Sands làn gliocais cho mhaith ri bhì làn lagha, theagamh nach deachaidh ceam-criche air an obair fhathast. Bha e 'n a fhoirbheach anns an eaglais o bha e 'n a dhuine òg, agus a dh' aindedòin driop an t-saoghail cha do rinn e riamh dearmad air na dleasdanasais shònruichte a bhuineas do'n dreuchd sin. Rachadh e a dh' amharc dhaoine tinne agus a dheanamh ùrnuigh aig taobh an leapa. Bhiodh foirbhich eile ag ràdh air uairean gu robh e tuilleadh 's a chòir gaolach air a bhì searmonachadh, ach chan abradh coimhthional air bith sin. Bha ùgh aige ann am Facal an Tighearn is ann am firinnean an t-soisgeil, agus bu toigh leis a bhì bruidhinn umpa, oir bha e 'n a dhuine diadhaidh aig an robh inntinn a bha fo bhuidh an t-saoghail neo-fhaicsinnich. Na'n robh Gàidhlig aig a' Mhorair Sands cha chuireadh e iongnadh orm fhaicinn a' fàgail comunn nam Moirairean Dearga eile anns a' Chùirt agus a' togail air gu òrduighean anns an taobh Tuath cha bhi labhairt air a' Cheist am measg nan Daoine.

Bu duine e anns an robh salann; cha b' urrainn e labhairt air cuspair air bith gun rud-eigin a ràdh a b' fhiach dhuit éisdeachd ris. Bha inntinn bheò aige; cha chuireadh cròn-cròn-nanaich no srann-srann-srannail an lagha (no an Ard Sheanaidh) am Morair Sands a chadal, ged bhiodh a shùilean air uairean duinte. Eadhon 'na chadal cha bhiodh e 'n a thàmh; bhiodh e ag innseadh naigheachdan dha fhéin.

Bha ùgh aige ann an iomadh rud; anns an

lagh agus ann an Cùirt an t-Seisein ; ann an obair sgoilean is Oil-thighean ; ann an obair na Pàrlamaid ; ann an sgoilearachd agus gu sònruichte ann an sgoilearachd an Tiomnaidh Nuaidh ; ann an daoine òga agus ann am boirionnaich bhochd gun bheò-shlàint ; ann an spioradaireachd ; ann an speuradaireachd ; ann an sgrìobhadh, agus ann an leughadh, ach b' e an eaglais agus obair na h-eaglais a' cheud ghaol agus an gaol a bu làidire agus a bhuaine 'n a bheatha. Bha eaglais na h-Alba do'n Mhorair Sands mar bha Ierusalem do na h-Iudhaich ; *ma dhì-chuimhnicheas mise thusa, a Ierusalem, dì-chuimhnicheadh mo làmh dheas a seòtachd.*

Bha e fad bhliadhnachan 'n a *Fhear-comhairle* aig eaglais na h-Alba a thaobh puingeann lagha, ach nuair a rinneadh Ard-Bhreitheamh dheth, agus a shuidh e am measg nam Morairean Dearga, b' fheudar dha an dreuchd sin a chur dheth. An uair a thug an t-Ard Sheanadh taing dha air son a shaothrach, agus a rinn aon no dhà de na h-aithrichean iomradh air an eòlas a bha aige air an lagh, b' e so a' cheud fhacal a thubhairt am Morair Sands, an uair a dh' éirich e a fhreagairt ; *gu ma fada bhuan-sa a ràdh anns an t-Seanadh so gu'm bi duine air bith air fhreanachadh le oibre an lagha.*

Comunn Gàidhealach nam ban

Bha an Comunn so air a chur air bonn anns an t-seann eaglais Shaoir ann an 1850, ach ged tha cuid de 'n obair a bhatar aon uair a' deanamh air a leigeil dheth a nis tha e a' deanamh obair mhaith an iomadh ceàrn fhathast. Am measg

na h-òigridh anns a' Ghàidhealtachd, gu sònruichte ann an Leòdhas agus anns an eilean Sgitheanach, tha aon deug de bhoirionnaich òga ag oibreachadh, a' cumail sgoilean Sabaid agus a' teagasg bhalach is chaileagan air oidhchean seachduin cuideachd. Tha an obair so a cheart cho feumail, agus theagamh na's feumaile ann an iomadh àite, ri missionaraidh a bhi air a shuidheachadh ann. Tha an Comunn a' cruinneachadh mòran leabhraichean o chàirdean anns an taobh Deas, is tha bocsaidean de na leabhraichean sin air an cur an sid agus an so air feadh nan Eileanan far nach 'eil cothrom aig an òigridh air leabhraichean a cheannach. Sin fhéin rud as fhiach a dheanamh. Tha gu leòir a dh' ùine aig daoine òga anns na h-Eileanan an Iar anns a' gheamhradh, is tha e maith dhaibh leabhraichean fallan a leughadh.

Tha mòran choimhthionnailean anns na bailtean air am pòsadh, mar gu'm b' eadh, ri eaglaisean sònruichte anns a' Ghàidhealtachd ; Newlands an Glaschu ri Uidhist a Deas ; Wellington an Glaschu ri Ceann Loch, agus feadhainn eile mar sin ; aig an Nollaig tha tiodhlacan air an cur a dh' ionnsuidh na cloinne anns a' Ghàidhealtachd o Chomunn nam Ban anns na coimhthionnailean sin.

Air cheann na h-oibre so tha a' bhean-uasal S. M. Nic Phàil, dileas agus diorrasach ; bana-charaid nan Eileanan nach 'eil uair air bith cho sona 's a tha i nuair a dh' fhosgla daoine an eridheachan agus an làmhan a chur air aghaidh obair an t-soisgeil am measg òigridh na Gàidhealtachd.

An t-Urramach D. A. Mac Dhòmhnuille, D.D., nach maireann

LE IAIN N. MAC LEÒID, SGIRE MHOIRE

Bha e 'n a shearmonaiche soilleir, simplidh, dùrachdach, agus is math a tha cuimhne agam fhéin air an tlachd leis am bithinn 'g a éisdeachd agus gun mì an uair sin ach 'n am sgoilear glé òg. Ach bha tàladh iongantach eadhon do'n òigridh fhéin anns a' phearsa-eaglais ud. Bha e 'n a ghné cho caomh earthannach, agus bha tlachd agus mùirn aige do 'n chloinn. Bha e a' giùlan uallaichean gach sean agus òg air fhéin, agus déidh cho mòr 'n a chridhe airson gu'm biodh cranachur gach neach anns an sgìre socrach sìtheil. Is iomadh balach agus nighean an Cille-Mhoire a bheir am beannachd buan air airson gach misnich agus cobhair a thug e dhoibh ann a bhì stri ri faighinn air adhart anns an t-saoghal, agus is mise a dh' fhaodas mo sheula fhéin a chur ris

an ràdh sin. B' e caraid nam bochd agus nam feumach, agus ma bha neach ann a thuit air falbh bho shlighe na còrach, bu chaomh gràs-mhor esan anns gach oidheip a dheanadh e airson an neach a bha air faondradh a threòrachadh air ais do'n chrò. Fad an dà fhichead bliadhna agus a ceithir a shaoithrich e an Cille-Mhoire bha e 'n a bhall de Chomhairle na Sgìre, Bòrd na Sgoile, agus Comhairle na Siorramachd, agus bu thrì e an Dùn-éideann aig Comunn Gàidhealach na h-eaglais. Bha e 'n a dhuine làidir calma foghainteach, agus bu shunndach craidreach e fhéin a' falbh air na turusan sgitheil sin an uair nach robh aon sgiala air carbad-oladh eadar Cille-Mhoire agus Port-rìgh. B' ainneamh an coithional Gàidhealach anns nach robh e uair no uair eigin aig àm nan Orduighean

agus bu thlachdmhor e fhéin agus a bhriathran a' searmonachadh do Bhòrd na Sàcramaid. Bha aoidh na diadhachd air a ghnùis ach cha b' urrainn neach sam bith a bhiodh 'g a éis-deachd gun a thuigsinn gu robh maise spiorad Chrìosd air a buileachadh air an tomhas mór.

Annas a' bhliadhna 1928. an uair a choimhlion e leth chiad bliadhna annas a' mhinistearachd, fhuair e tiodhlac cheithir chiad punnd Sasunnach bho mhuinntir Chille-Mhoire, agus thugadh tiodhlacan do a bhean agus do a mhac agus a nighean anns an aon là. Bha sluagh as gach ceàrnaidh de'n eilean a làthair anns an eaglais an là sin airson an spéis agus an tlachd do mhinistear Chille-Mhoire a chur an céill.

Cha robh àite air an talamh bu dlùithe do chridhe an Ollaimh Mhic Dhòmhnuill na sgìre

Chille-Mhoire, agus bha an dàimh agus an càirdeas ceudna aig muinntir Chille-Mhoire ris, agus chan 'eil sin idir 'n a iongnadh do neach sam bith a rugadh anns an sgìre mhaiseach ud, far a bheil ubhir de a logan airson iomadh bliadhna. Tha mi creidsinn cuideachd gu bheil muinntir na sgìre cho mùirneach agus a tha mi-fhéin a chionn gu bheil duslach an duine chòir a nis air a chàradh an cladh Chille-Mhàrtainn an Cille-Mhoire far a bheil na ciadan de a chàirdean mùirneach 'n an cadal séimh fo fhòid na tunga. Cha dhì-chuimhnich sinne fhad 's is beò sinn gach buaidh ghràsrmhor a bha air beatha an aodhaire so, agus tha sinn a' toirt molaidh do Dhia airson gach gràis a ràinig oirnn troimh a theagasg dhuinn air slighe na slàinte.

Cuairt ann am baile Ierusalem

LEIS AN URRAMACH IAIN MAC AONGHUIS, ANNS A' CHONGHAIL

D'H'AIDICH an Siorram Mac Neacail nach maireann gu'm bu mhiann leis trì bailtean àraidh fhacinn mus faigheadh e bàs. B' e na bailtean sin, Ierusalem, an Aithne, agus an Ròimh. Chan 'eil teagamh nach robh aon dùrachd eile aige. B' fheàrr leis am miann sin a bhì air àicheadh dha na gu'm bitheadh e air a bhacadh an t-eilean Sgitheanach anhare aon uair eile.

Bha mise air son faisg air còig-là-deug ann am baile Ierusalem mu dheireadh an Earraich so chaidh, agus bu toigh leam cunntas beag a thoirt dhuibh air na chunnaic mi.

Thubhairt an Salmadair o chionn fada, "Sgiabhach 'n a shuidheachadh, aoihbneas na talmhainn uile, is e sliabh Shioin; cuairtichibh Sion agus rachaibh m'a timchioll; thugaibh an aire d'a baile làidir, comharraichibh a luchairtean—"

'S e comhairle chiatach a thug an Salmadair; "Thugaibh an aire." Rinn mise mo dhìchioll a chomhairle sin a chumail. Ach bha leithid r'a fhaicinn; bha leithid r'a dheanamh anns an ùine ghoirid a bha mi anns a' bhaile naomh, 's gur cinnteach gu'n do chail mi iomadh sealladh ainmeil le cion na h-aire.

An àm a' chogaidh mhóir, chaidh *railway* a chur sìos leis na saighdearan eadar an Eiphit agus Ierusalem. Tha mi glé chinnteach gu robh fear no dhà a tha leughadh na duilleig so an diugh glé sgìth de'n *railway* sin mus deachaidh crìoch a chur oirre. Ach thig crìoch air gach obair, eadhon air cur sìos rathad-iaruinn an àm cogaidh. Thubhairt am fàidh, "Bithidh rathad mór o'n Eiphit gu Asiria." Choimhlion na saighdeàran Breutannach earrann mhaith de'n fhàidheadaireachd so agus chaidh a'

chuid eile dhith a choimhlionadh as déidh a' chogaidh.

Roimh àm a' chogaidh bhiodh aig neach treud chàmhail a thoirt leis na'm biodh e 'n a bheachd a dhol troimh 'n fhàsach o'n Eiphit gu Ierusalem. Ach an diugh chan 'eil aig neach ach *ticket* a cheannach aig El Kantara, mar gu'm biodh sibh a' dol do Ghlaschu as an Oban.

Suidhibh anns an *train* mu aon-uair-deug; fanaibh innte agus ruigidh sibh Ierusalem mu naoi uairean 's a mhaiduinn; gun chàmhail, gun sgìos, gun allaban.

Nuair a stadas an *train* aig *station* Ierusalem, agus nuair a gheibh duine a chas aon uair eile air cabhsair, 'n 'ur beachd-sa, dé a' cheud ni a mhothaicheas e? Chuirinn geall gur e am bòrd mór fada air am bheil ainm a' bhaile sgrìobhta ann an trì cànairean, ann am Beurla Shasannach, ann an Arabic, agus ann an Eabhra. Sgrìobh an naomh ainmeil Bernard Chluainidh, 700 bliadhna air ais, laoidh a bhithear a' seinn air feadh an t-saoghail. "*Ierusalem ro-birdhear, le bainne 's mil gun dìth.*" Chan 'eil teagamh nach robh baile eile ann an inntinn Bhernaird; am baile a mhaireas, am baile a dh' ullaich Dia air son dachaidh bhuan a shluaigh. Ach nach iongantach an gnòthuch e gu'n robh an dearbh bhaile so agus gu h-àraidh ainm a' bhaile so a' fòghnadh do'n naomh so agus do iomadh naomh eile mar dhealbh, mar chosmhalachd air Pàrras. Thug e tionndadh dhomh 'nuair a chunnaic mi ann am baile Bhetlehem, bòrd mór air balla agus "*Bethlehem Post-office*" sgrìobhta air, agus air son mionaid no dhà shaoil e caran neònach dhomh, 'nuair a bha mi ann an Nazaret, mac-

samhail a' bhuird sin fhaicinn air taobh tighe agus "Nazaret Police Station" sgrìobhta air. Ach carson a chuireadh sin iongnadh oirn? Bithear a' sgrìobhadh litrichean ann am Bethlehem agus a' cur feum air polisman ann an Nazaret. Tha na h-àitean sin air an talamh, chan ann ann an saoghal eile; saoghal a' Bhiobuill. Tha sin, 'n am bheachd-sa, a' tarrauing tìr agus sluagh a' Bhiobuill na's dlùithe dhuinn. Bithidh e na's comasaiche dhuinn eachdraidh Pheadair agus Phoil a ghabhail gu eridhe, nuair a bheachdaicheas sinn gu'n do choisich iad air na rathaidean so, gu'n do chaidil iad ann a leithid so a thighean, gu'n d' ith iad an aon seòrsa bidh 'sa tha an luchd-cinnidh ag itheadh an diugh anns an dùthaich so. Tuigidh sinn cuideachd cosmhalachdan an Tighearna na's feàrr nuair a chi sinn treud ghabhar agus chaorach am measg a chéile. Nuair a chi sinn ciobair a' coiseachd air rathad no air acha agus a chuid chaorach 'ga leantainn, tha e soirbh smaoinichadh air an deagh bhuachaille. Nuair a chi sinn an crann-ola no a' chraobh-fhìge no am fionan a' fàs ann an lios no air taobh sléibhe, bhitheadh e neònach mur cuimhnicheamaid air briathran an t-Slànuighcir.

Coslas a' Bhaile

Thigibh còmhla riumsa nis agus gabhaidh sinn sgrìob anns a' bhaile. Na smaoinichibh idir gu bheil Ierusalem uiread ri Glaschu no ri Dùn-Eideann. Tha mòran sluaigh a' fuireach ann oir tha na tighean glé dhlùth air a chéile. Tha mòran de na tighean glé bheag; agus tha na sràidean glé chumhann. Ach chan 'eil meud a' bhaile fhéin mòran na's mò na'n t-Oban. Na biodh eagal oirn mar sin gu'n téid sinn air chall. Chan 'eil againn ach cumail oirn agus ruigidh sinn balla a' bhaile uair-eigin. Aig geata sam bith bithidh sinn cinn-teach *polisman* fhaicinn: bithidh facal no dhà Beurla aige agus bheir e dhuinn seòladh air son ar dachaidh fhaotainn aon uair eile.

Mothaichibh am balla mór àrd a tha a' cuartachadh a' bhaile. Chan e so idir am balla a bha ann o linn nan Iudhach. Chaidh am fear sin a leagail agus a thogail iomadh uair o'n àm sin. Am balla tha ann an diugh, chaidh a thogail le Impire Turcach ainmeil, Suleiman Aluinn (*The Magnificent*).

Bha esan beò mu cheithir ceud bliadhna air ais. Ach faodaidh sinn a chreidsinn gu robh na dearbh chlachan a bha luchd-oibreach Shuleiman ag uisneachadh an àm togail a' bhalla air an deasachadh agus air an snaidheadh le clachairean Nehemiah còrr agus dà mhìle bliadhna air ais. Bhiodh na clachan sin deas r'an làimh agus tha e duilich ri chreidsinn gu'n toireadh Turcach no Arabianach saothair dhà

fhéin gun aobhar. Théid sinn a stigh do'n bhaile air geata Iaffa. Tha tìr mór àrd air a làimh dheis, do'n ainm Tùr Dhaibhidh. Chaidh a thogail an linn Herod. Ruigidh mi bidein an tìr sin agus o'n mhullach gheibh duine sealladh anabarrach farsuinn. Taobh a stigh a' gheata, tha *polisman* Arabianach 'n a sheasamh. Tha dheise ghorm agus putain gheala air mar a tha air na *polismen* againn fhéin. Ach an àite boinneid no *helmet*, the *tarbush* no *fez* Arabianach air. Tha *càraichean* agus *busaichean* a' ruith seachad air gach taobh dheth agus tha esan a' seòladh na h-ùpraid cho pongail 's ged bhiodh e 'n a sheasamh aig oisein Princes Street.

Baksheesh

Seasaidh sinn beagan mhionaidean taobh a stigh a' gheata. Tha baigear an so ag iarraidh déirec. "*Baksheesh*" ars' esan. Tha e cho maith beagan a thoirt dha, los sith fhaotainn. Ach feuch, ma's urrainn dhuit, do dhéire a thoirt seachad gu dìomhair. Am fear a shéideas trompaid anns a' bhaile so nuair a bhios e toirt bonn-a-sia do bhaigear, gheibh e a dhuais. Ann am briobadh na sùla, cruinnichidh buidhe-cann mhór timchioll air, an làmh dheas sìnte, gach fear agus té a' méilich "*Baksheesh*." Am measg nan Tibetanach, co dhiubh am measg roinn àraidh dhiubh, chitear pàisdean beaga, dhà is trì bhliadhnaichean a dh' aois, leis a' cheart ghlaodh. 'S e a' chiad fhacal a tha am màthraichean a' teagasg dhoibh. Am measg nan Inneanach, gu h-àraidh ann am baile-puirt, cluinnidh sibh an aon fhonn "*Baksheesh*," agus anns an Eiphit, co dhiubh ann am Port Saïd, tha e duilich ceum a dheanamh, gun choisir a bhì 'g ar leantainn air a' chabhsair a' seinn "*Baksheesh*." Tha e duilich a chreidsinn gu bheil na baigearan sin uile ann an teanntachd mhór sam bith. Air a' chuid mhór aca chan 'eil coltas sam bith gu bheil iad eòlach air trasgadh. Chan 'eil cion sàill air an cnàmhan.

Seasamaid air a' chabhsair. Tha balach a' ruith d'ar n-ionnsuidh le eallach phaipearan-naigheachd. Tha iad aige ann an ceithir cànaean, Eabhra, Arabic, Frangais, Beurla Shasunnach. Chaidh am paiper Frangach a chlà-bhualadh ann an Cairo an raoir. Thàinig e do'n bhaile le *train* na maidne. Chaidh na trì paipearan eile a dheasachadh ann an Ierusalem. Tha fear eile so a' tighinn dlùth oirn. Togaidh e a bhoinneid gu modhail. "Am bheil feum againn air fear-ùil, a nochdadh dhuinn seallaidhean a' bhaile?" Tha deagh Bheurla aige. Chaidh oileanachadh ann an sgoil Chrìosdaidh. Ach tha esan a' leantainn creideamh Mhohamet. Tha esan eòlach air gach càrn de'n bhaile. Sheòladh e sinn tim-

chioll air son a leithid so. Canaidh sinn ris nach 'eil feum againn air an diugh.

Sporan nan Americanach

Seallamaid a stigh air uinneagan nam bùthan. Tha sinn fhathast ann an oisein ùr a' bhaile. Thig am marsanta fhéin a dh' ionnsuidh an doruis. "Am b' àill leinn a' chuid bathair fhaicinn." "B' àill," arsa sinne, "ach chan 'eil airgid sam bith againn." Cha deanadh sin mùthadh. Théid sinn a stigh. Tha brat-ùrlair dhe gach dath agus dealbh air an sgaoil-eadh air a' bhalla. Chòrd aon fhea rrium glé mhaith. "Dé tha sibh ag iarraidh air an fhear ud," arsa mise. "Tha dà cheud gu leth punnd Sasunnach," arsa esan. Chan 'eil feum a bhith fuireach na 's fhaide. Chan e Americanach tha annainn.

Deanamaid taghal anns na bùthan eile ann an ceàrn ùr a' bhaile. Faodaidh còmhraidh beag a bhì againn còmhla ri fear-an-tighe fad is a bhios sinn a' farraidh air son ni-eigin. Tha Beurla aig gach fear dhiubh agus mar is trice còig no sia chànannean eile. "Dé an dùthaich do 'm buin sibhse," arsa sinne. Thàinig fear dhiubh á Poland. Thàinig fear eile as a' Ghearmailt. Theich fear eile á Russia. Bha bùth aig fear eile ann an Lunnainn. Bha am fear so ag obair ann an New York. Bha am fear ud a' reic uaireadairean ann an Glaschu. Ach 's e Iudhaich tha anna uile. Dé thug orra na dùthchanna sin fhàgail? Thug so, gràdh do thìr a' gheallaidh.

Sràid Dhaibhidh

Nuair a dh' fhàgas sinn sràidean farsuinn agus bùthan briagha a' bhaile ùir, tionndaidh sinn ar ceuman rathad an t-sean-bhaile. Gabhaidh sinn sìos Sràid Dhaibhidh. Tha i caol cumhann corrach agus cas. Oir tha an t-sràid sin a' dol seachad air a' ghleann bheag a bha dealachadh Beinn Mhoriah agus Beinn Shioin. Is e sin an gleann Tyropeanach. Cha mhór gu mothaich neach an diugh gu robh gleann aon uair ann. Oir tha na sluic air an lìonadh suas le gach truilles a bhiodh an sluagh a' tilgeadh a mach air son trì mìle bliadhna. Na'm biodh an gleann sinn air a chladhach cò aige tha brath dé gheibhte anns a' ghrund sin. Ach tha sin eu-comasach.

Tionndaidheamaid air an làimh chli agus gheibh sinn sinn fhéin anns an *Suq*, mar a their iad. Is e sin am Bazaar, no àite-margaidh a' bhaile. Tha na sràidean an so cho aimhleathann 's gu'n toireadh ceathrar dhaoine, a' coiseachd ri guaillean a chéile ann an sreath, suas làn leathad a' chabhsair. Cha b' urrainn *motor-car*, eadhon am fear as lugha, a rathad a dheanamh anns na sràidean so. Agus air son *bicycle* tha an cabhsair ro chorrach agus an

sluagh ro dhùmhail. Tha na bùthan fosgailte air gach taobh. Chan 'eil feum air uinneagan. Air a bheulaibh chan 'eil ann ach cuntair mòr farsuinn agus goireasan na bùtha air an sgaoil-eadh gu snasail air son sùilean an t-sluaigh a ghlacadh. Faodaidh sinn a dhòl troimh sràid as deidh sràid anns an *Suq* agus chan fhaic sinn ach bùthan oir ri oir fad na slighe. Chì sinn bùth an fhuineadair. Tha bonnaich mhóra thana leathann air an càrnadh air a' chuntair. Tha iad caran dubh agus bha mi beagan amharusach mu'n dèighinn. Ach bha mi aon latha ann am baile beag Bhetani, far an robh dachaidh Mhuire agus Mharta agus Lazarus; bha mi bruidhinn ri *sheik* no ceannard a' bhaile, agus thairg e dhomh fear dhe na bonnaich sin. Thuing mi nach biodh e modhail diùltadh agus mar sin thug mi taing do 'n duine chòir, agus thòisich mi air a itheadh. Ged nach robh a choltas 'n a fhàbhar, chòrd e cho maith rium ri aran a dh' ith mi riamh.

Seòltachd nam ban

Nuair a bhitheas na mnathan-tighe a' ceannach an arain, bithidh iad a' dearbhadh gach bonnach 'n an làmhan, 'g an làimhseachadh agus 'g am fàsgadh, agus mur còrd fear sam bith riutha, diùltaidh iad an gabhail. Tha mi creidsinn nach do chuala na mnathan còire sin guth riamh air *germs*, na biastan beaga sin a tha 'n a leithid a dh' uambas 'n ar measg-ne, co dhiubh ma bhitheas sinn a' leughadh nam paipearan-naigheachd. Ach gu dearbh, cha robh coltas sam bith air na mnathan tapaidh sin gun d' rinn *germ* sam bith beud no dochunn orra.

An diugh chan 'eil bùthan nam fuineadearan idir le chéile. Tha iad sgaipte am measg nam bùthan eile. Chan ann mar sin a bha an linn an fhàidh Ieremiah, oir tha sinn a' leughadh anns an Sgriobtur, nuair a chaidh am fàidh a thilgeadh ann am prìosan, gu'n tug an rìgh àithne gu'n tugadh iad dha gach latha cuibh-rionn arain á sraid nam fuineadairean, gus am biodh uile arain na caitheach air tìreachduinn.

Tha bùthan a' bhùidseir an so cuideachd, agus a réir an àireamh, tha e coltach gu'm bi sluagh a' bhaile so ag itheadh mòran feòla. Chan 'eil iad coltach ri muinntir nan Innsean an Ear, a bhitheas a' tighinn bèo air "*rice*" agus luibhean. Tha aon chleachdadh caran neònach aig na bùidseirean. Tha iad a' càradh duilleagan òr-bhuidhe air an fheòil, nuair a tha i an crochadh anns a' bhùthaidh. Bha mise an dùil an toiseach gu robh ciall domhain, co-cheangailte ri creideamh, aig a' chleachdadh so. Ach nuair a dh' fharraid mi, 's e an fhreagairt a fhuair mi, "Chan e, Chan e, chan 'eil sud ach air son an fheòil a'dheanamh bòidheach."

(Ri bhì air a leantuinn)



Annas a' Chùbaid

"*B'e Caiaphas a thug conhairle do na h-Iudhaich gu'm b'iomchuidh gu'm faigheadh aon duine bàs air son an t-sluaigh.*"—Eoin xviii. 14.

AIR leabaidh a bhàis thubhairt Easbuig Àraidh, "Bha àite mór agam anns an eaglais ach bha e os cionn mo chomais."

Duine a tha ann an àite no ann an dreuchd a tha os cionn a chomais, sin agad duine nach urrainn a bhì sona, co dhìu is easbuig no ministear e. Oir ma sheachnas tu slàinte cuirp, chan 'eil rud eile air an t-saoghal ris a bheil sonas duine an crochadh mar tha e r'a obair làthail. An uair a tha a chridhe 'n a obair, agus a thèid aige air a deanamh gu réidh ceart, gun i bhì 'n a h-uallach dha, cha ruigear a leas a ghearan oir tha dà thrian de shonas na beatha so aige co-dhìu.

Bha Caiaphas ann an àite mór agus ann an dreuchd naomh; an t-àite a bu mhòtha agus an dreuchd a bu naoimhe ann an Ierusalem, ach b'e trioblaid a bheatha-san gu robh e ro bheag air son an àite a fhuair e, agus nach b' airidh e air a dhreuchd. Theagamh nach robh fhios aig Caiaphas féin air sin, ach bha fhios aig na h-ainglean air. Agus sin rud nach 'eil bòidheach ann an sùilean Dhé no dhaoine, duine beag ann an cathair mhór.

Faodar a ràdh gu'n d'fhuair Caiaphas a dhreuchd mar thochar le mhnai. oir b'e Annas athair-céile. Ged nach do mheal Annas an àrd-shagartachd ach sia no seachd de bhliadh-nachan, chunnaic e ceathrar d'a mhic, a chliamhain, agus ogha anns an dreuchd 'n a dhéidh fhéin—caob mhaith de'n talamh air a shealbhadh le aon teaghlach, agus sin teaghlach nach b' urrainnear macantas a chur as an leth.

Air uairean tha daoine òga air an cur, an aghaidh an toile, gu obair nach 'eil a' freagairt orra, a chionn gur fheàrr le'm pàrantan am faicinn a' cosnadh an lòn le peann no ann an dòigh riomhach eile seach le obair làimhe. Ach ciod a tha ann an sin ach an fhìor ghòraiche, meud-mhór gun mhothachadh! Tha an t-òrd 'n a bhall-ae-fhuinn a cheart cho uasal ris a' pheann; tha goibhneachd, is saorsainneachd, is obair an fhearainn, a cheart cho urramach ris an dotaireachd, no ris a' mhinistearachd, no ri obair an lagha, agus mur bheil tàlant an sònruichte aig an cloinn b' fheàrr d' am pàrantan gun an cur air an aghaidh gu dreuchd a bhios 'n a uallach agus 'n a bhristeadh-cridhe dhaibh uile làithean am beatha, agus leigeil leò dol gu ceaird no obair eile a tha freagairt orra. Nach bu cho maith do dhuine a bhì anns a' phrìosan

ri bhì air a cheangal ri dreuchd a tha os cionn a chomasan nàdurra; a' faicinn dhaoine eile a' deanamh le lòn is snas, agus a réir choltais gun oidhirp, an obair nach urrainn esan a dheanamh ach gu tuathal agus gun ghrinneas. Ma tha duine a' faireachduinn gu bheil e aig an obair no anns an àite anns an robh am Freasdal a' ciallachadh a chur, tha an smuain sin anabarrach foisneachail, oir mar thubhairt mi cheana, tha e 'n a shonas mór do dhuine obair a bhì còrdadh ris agus car a bhì aige air a deanamh le snas.

Cha b' e am Freasdal a shuidhich Caiaphas ann an cathair an àrd-shagairt, agus cha mhò a bha e freagarrach air a son. Tha e air a ràdh gu robh a chridhe cho cruaidh ri cloich, agus nach robh boinne beò de chaomhalachd 'n a chom. Cha bu chòir do dhuine air bith gabhail air féin seasam eadar Dia is daoine, ach duine anns a bheil gné na sagartachd gu nàdurra. Cleas nam bàrd tha an sagart fìor air a dheanamh le Dia, air a chur le Dia gu daoine, agus tha a theisteanas air clàr aodainn. Is duine e a tha dlùth do Dhia agus dlùth do dhaoine. Tha e dlùth do Dhia a chionn gu bheil fios an t-saoghail thall aige; tha a shùilean a' faicinn, agus a chluasan a' cluinntinn, agus a chridhe a' faireachduinn, nithean nach faca agus nach cuala agus nach d' fhairich daoine eile. Agus tha e dlùth d'a bhràithrean a chionn gu bheil e tràcaireach, faighidinneach, comasach air co-fhaireachduinn a bhì aige r' an annmhuinneachdan, agus comasach air an treòrachadh gu Buachaille an anama.

Ach cha robh Caiaphas 'n a shagart anns an t-seadh so, no ann an seadh coltach ris; cha robh ann ach pearsa eaglais a bha air ungadh le daoine, agus bha e cho falamh de spiorad na sagartachd agus na diadhaidheachd ri Iudas féin. Bha e a' cur seachad barrachd d'a ùine ann an cuisean saoghala is riaghlaidearachd na bha e cur seachad ann am beachd-smuain-eachadh air na nithean a tha neo-fhaicsinn-each.

Nach b' iongantach an t-slighe anns an do ghluais freasdal an Tighearna an uair is ann air an duine so a thàinig e breith a thoirt air an t-Slànuighear naomh! Bha e eu-comasach do leithid Chaiaphais Iosa a thuisinn, oir bha iad cho fada bho chèile 's a tha an àrde tuath o'n àrde deas, 'n an gné, 'n an creideamh, agus 'n an giùlan. Ann an sùilean Chaiaphais (agus

e an dùil gu robh e fhéin cho glic) cha robh ann an Iosa ach amadan, duine bochd a bha 'g a mhealladh féin agus a' mealladh dhaoine eile le dòchas feall. Tha sealladh an dà shaoghail aca-san a mhàin air an bheil eagal Iehobhah, agus do bhrìgh nach robh eagal an Tighearna air Caiaphas bha e dall, air chor agus nach bu léir dha móralachd is maise na diadhachd a bha ann an Iosa. Dhealraich sòlus nan nèamh timchioll air ach cha d' thug e fianear; bha e 'n a shuain chadaìl mar na mairbh.

Ach ged nach do chùm Caiaphas uinneagan anama fosgailte ri nèamh rinn Dia nithean móra air a shon; chuir e freasdalan agus guthan d'a ionnsuidh a dh' fheuchainn atharrachadh iad a chridhe. Chan 'eil tlachd aig Dia ann am bàs an aingidh, agus cha mhò a dh' fhàgas e e gun fhianuis no gun rabhadh. Theagamh nach do thuig an t-àrd-shagart ciod a bha na freasdalan a thàinig thuige a' ciallachadh, ach na'n do mheòmhraich e orra mar bu chòir dha, chluinneadh e annta guth an Tighearna a' labhairt ris.

(1) Nach bu mhór an cothrom a thug Dia do Chaiaphas an là a dh' fhosgail an Spiorad Naomh a bheul agus a chuir e 'n a chridhe a ràdh "gu robh e gu buannachd gu'm faigheadh aon duine bàs air son an t-sluaigh"! Bha facal Dhé fagus dha an là ud, eadhon 'n a bheul agus 'n a chridhe, ach chuir Caiaphas an car a thoilich e fhéin ann. Bha e eas-umhal do'n t-sealladh nèamhaidh.

(2) Labhair Dia ri Caiaphas le guth eile an

uair a thug e dha eòlas air an abstol Eoin. Sin aon de na dòighean anns a bheil Dia a' labhairt ri peacaich; tha e a' toirt dhaibh caraid diadhaidh a chum 's gu'm bi e dhaibh 'n a mheadhon gràis. Chan 'eil fianuis air an t-saoghal cho làidir air taobh na diadhaidheachd ri beatha iriosal agus naomh, agus ma's aithne dhuit-se neach air a bheil coslas na diadhaidheachd, ciod a tha ann an sin ach litir a tha Dia a' cur thugad, ag iarraidh ort eisiomplair do charaid a leantuinn. Bu cho mhaith do Chaiaphas nach faca e Eoin riamh; cha do ghabh e ris an tiodhlac a thug Dia dha an là a chuir e féin agus an t-abstol eòlas air a chéile.

(3) Ach b'e clach-mhullaich tròcair Dhe do'n àrd-shagart gu'n d' thug e dha sealladh air Iosa a mhac. Thubhairt Dia ris, "So mo mhac gràdhach anns a bheil mo thlachd," ach chruadaich Caiaphas a chridhe mar ann an là a' bhrosnuchaidh. Chunnaic daoine nach robh idir 'n am pearsachan-eaglais glòir Dhé ann an gnuis Iosa Criosd, ach ged b'e Caiaphas pearsa-eaglais a b' àirde air thalamh aig an àm, an aon duine a b' urrainn dol a steach do'n ionad ro naomh, chan fhac e maise air bith ann. Cha robh ann an Iosa dha ach freumh á thalamh tioram.

Ciod a tha ann an Iosa dhuinne? A bheil e dhuinn gun sgèimh, gun mhaise, no a bheil ainm dhuinn os cionn gach uile ainm? An abair sin mar thubhairt Thomas, "Mo Thigh-earn agus mo Dhia," no an abair sinn mar thubhairt Caiaphas, "Chuala sibh a thoibheum."

Ann's a' Chathair

THA mi a' fàs sgith de'n ghlaodh a thatar a' cluinntinn gun sgur anns na làithean so, gu bheil muillean duine an Albainn nach 'eil an ceangal ri eaglais air bith. Theagamh gu bheil sin fìor, ach chan 'eil sin a' ciallachadh gu'm bitheadh aobhar an Tighearna is cor na diadhaidheachd anns an dùthaich a' soirbheachadh na b' fheàrr na tha iad a' deanamh na'n robh muillean ainm eile air an cur air na rolaichean-comanachaidh aig Eaglais na h-Alba. Is e an fhìrinn gu bheil móran ainmean air an sgrìobhadh ann an leabhraichean na h-eaglais nach bu chòir a bhì sgrìobhta annta idir; ainmean dhaoine aig nach 'eil ùgh air bith 'n a fianuis no 'n a h-obair, a chionn nach 'eil ùgh aca anns an t-soisgeul, no creideamh ann an Criosd mar Shlànuighear.

Is rud muldach e a bhì cluinntinn aithrich-ean na h-eaglais a' gearan ann an éisdeachd an t-saoghail nach 'eil buill na h-eaglais a' cuideachadh le aobhar an t-soisgeil mar bu chòir dhaibh. Is muldach an ni e seanairean na h-eaglais a bhì ion agus a' dol air an gluinean ag iarraidh air 1,280,000 luchd-comanachaidh

tri sgillinnean (no tri sgillinnean agus bonn-a-sè) an ceann a thoirt do aobhar Chrìosd, a bharrachd air na tha iad a' deanamh cheana, agus gu'm bi cùisean ceart. Ach ged bheir cuid de'n luchd-comanachaidh sin deachamh d'am beòshlàint do'n eaglais tha gu leòir dhiùbh nach toir eadhon am bonn-a-sè.

Car son nach tabhair? Sin a' cheist a tha mi dol a dh' fheuchainn ri fhreagairt air an duilleig so.

Tha boinne de'n fhìrinn anns na freagairtean a chluinnear gach uair a thogar an gnothuch so anns na Cléirean no anns an t-Seanadh, ach is e an fhìor aobhar nach 'eil ann am mìltean de'n àireamh mhór so ach saighdearan-comlaich, daoine nach bu chòir an ainmean a bhì idir air rola-comanachaidh, a chionn nach buin iad gu ceart do chomunn nan Crìosduidhean. 'N am beachdan agus 'n an cleachdaidhean buinidh iad do'n t-saoghal; uair air bith a dh' fheumas iad taobh a ghabhail, gabhaibh iad taobh an t-saoghail an aghaidh na h-eaglais.

Tha na fìor chreidmich anns an eaglais a' deanamh an dleasdanas air diugh mar bha

iad riamh, agus a' cuideachadh le aobhar an t-soisgeil a réir an comais, aig an tigh agus an tìrean céin, ach tha miltean de sheòrsa eile air an àireamh 'n am measg nach do rinn agus nach dean gu bràth dad eile ach cliù na h-eaglais a mhilleadh. Tha fhios aig a h-uileministear ann an Eaglais na h-Alba gur e *am fuigheall* anns a' choimhthional aige a tha cumail obair an Tighearna beò, agus nach 'eil anns a' cheathramh cuid de na h-ainmean a tha aige air rola a' chomanachaidh ach ainmean a mhàin, *luchd marbh* a tha an impis long an t-soisgeil a chur fodha.

Theagamh gu'n saoil cuid gu'm bitheadh aobhar Chrìosd air ath-bheòthachadh an Albainn na'n robh am muillean ud air an tarruing a steach do'n eaglais agus àireamh an luchd-comanachaidh air a chur suas gu 2,280,000, ach tha mise an dùil gu'm bitheadh barrachd ath-bheòthachaidh anns an eaglais na'n robh cuid mhór de na tha againn cheana air an cur a mach aisde. Oir is ann a mach a tha iad co dhiu, agus cha bhithheadh iad idir a steach innte na'n robh iad air am fàgail aig saorsa an toile féin. Ach tha cìobaireachd na h-eaglais an diugh cho mhaith 's gu bheil sùil a' chìobair air a' mhuintir òg gun sgur, agus mur bheil toil làidir aca a sheasas an aghaidh na buachailleachd a thatar a' deanamh orra gheibh iad iad féin ann an crò na h-eaglais aig ochd bliadhna deug a dh' aois agus an ainmean sgrìobhta air rola a' chomanachaidh.

A' chuid dhiubh a chuala gairm Chrìosd agus a bha air an teagasg leis an spiorad Naomh, seasaidh iad dileas agus buanaichidh iad ann an co-chomunn nam bràithrean, ach a' chuid dhiubh a ghabh orra a bhi 'n am buill ann an eaglais Chrìosd a chionn gu'n d' iarr am ministear no am pàrantan orra sin a dheanamh, no a chionn gu robh an co-aoisean eile 'g a dheanamh, theagamh gu'n tòisich obair mhaith ann am feadhainn dhiubh a théid air adhart gu là Chrìosd (oir tha an Spiorad Naomh a' séideadh far an àill leis), ach tuitidh àireamh mhaith dhiubh air falbh, agus an sin tòisichidh aithrichean na h-eaglais air gearan nach 'eil iad a' toirt trì buinn-a-sè an ceann do aobhar an t-soisgeil. Car son a bheireadh? No car son a bhithmaid ag iarraidh am bonn-a-sè fhein bhuapa? Oir chan 'eil luach a' bhunn-a-se de ùgh aca ann an Chrìosd no anns an t-soisgeul. Tha an ionmhas uile anns an t-saoghal, agus far a bheil an ionmhas, an sin tha an cridheachan.

Is e am buaireadh as làidire a tha ag iadhadh mu mhinistearan anns na làithean so àireamh mhór de bhuill a chur air rola a' chomanachaidh. Ma tha an àireamh a' dol suas saoilair gu bheil rìoghachd Dhe a' teachd; ma tha i a' dol sìos saoilair gu bheil rìoghachd Dhe a' fulang call. Ciod a tha

sin a' ciallachadh ach gu bheil dòighean agus fasain an t-saoghail a' tighinn a steach do'n eaglais? Theagamh nach gabh so seachnadh ann an tomhas, ach bu chòir dhuinn feuchainn ris an tomhas a dheanamh cho beag 's a ghabhas e deanamh. Tha corp talmhaidh aig an eaglais; tha i 'n a h-uachdaran air togalaichean; 'n a cileadair air maoin mhór; 'n a maighstir os cionn mhóran sheirbhiseach; agus mar sin feumaidh i a' cuisean saoghalta a riaghladh le gliocas saoghalta agus sgoinn, dìreach mar bhios an saoghal féin a' deanamh, ach air a shon sin bu chòir dhi toimhsean eile a bhi aice a thaobh a h-oibre spioradail seach na toimhsean a tha aig an t-saoghal.

Chan 'eil e furasda do mhinistear air bith iomram an aghaidh an t-srutha anns na làithean so, sruth an fhasain; ach gus an tòisich air a dheanamh, cha bhi géill air a thoirt do fhianuis na h-eaglais an Albainn.

Ann an coimhthionail nam bailtean móra tha àireamh nam ball cho mòr 's nach faigheadh an dara leth dhiubh àite-suidhe na'n tigeadh iad do'n eaglais air an aon Sàbaid, ach air an làmh eile, theagamh gu bheil an eaglais leth fhalamh a h-uile Sàbaid anns a' bhliadhna, ach a mhàin air Sàbaid comanachaidh. C' àite a bheil an luchd-comanachaidh? Tha iad a' réiseadh air feadh na dùthcha; cuid dhiubh gu Loch Nis a dh' fhaicinn na h-uilbheist, is cuid eile gu Loch Obha a shealltainn air Cruachan; ach tha dian chabhag orra uile a' teicheadh air falbh o thigh an Tighearn air an t-Sàbaid. Sin agad, a leughadair, rud ùr a thatar a' faicinn an Albainn anns na làithean deireannach so, luchd-comanachaidh nach téid do'n eaglais! Agus an eaglais féin a' fantuinn balbh, mar gu'm faiceadh tu màthair gun sgoinn, taingeil ma thig iad gu comanachadh uair no dhà 's a' bhliadhna, agus ma thilgeas iad leth-chrùn oirre mar chomharradh air an gean-maith.

Tha seòrsa ùr *Chrìosduidhean* ag éirigh suas an Albainn an diugh; daoine laghach a ni rud air bith a dh' iarrar orra ach a mhàin dol do'n eaglais. Chan 'eil agad ach crùn no gini iarraidh orra air son obair na h-eaglais is cuiridh iad 'n ad làmh e gu toileach, ach na h-iarr orra iad féin a nochdadh an comunn nam bràithrean. Chan 'eil orra ach aon chomharradh de na ceithir comharraidhean a bha air na ceud chreidmheach; *gabhadh iad an t-aran a tha air a bhriseadh*, ach chan 'eil feum air bith aca air feagasg nan abstol, no air co-chomunn nam bràithrean, no air ùrnuigh-ean. Gabhadh iad o'n eaglais gach dibhearsoin, no céilidh, no Badminton, no dannsadh a bheir i dhaibh, ach cha ghabh iad idir an rud sònruichte a bha air earbsadh ris an eaglais a thoirt do'n t-saoghal.

Ann an aon seadh tha an seòrsa so an ceangal ris an eaglais, ach air son na tha sin a' deanamh de mhaith dhaibh féin no do rìoghachd Dhe, bha cho mhaith dhaibh a bhi air an cumntas còmhla ris a' mhuillean a tha an taobh a mach dhi. Bha bho maith dhaibh a bhi mach ri bhi stigh.

Car son nach 'eil ùghdarras aig guth na h-eaglais an uair a thogar ceistean mar tha ceist na Sàbaid, agus ceistean eile air nach 'eil an aon bheachd aice féin agus aig muinntir an t-saoghail? Tha a chionn gu bheil buill na

h-eaglais air an roinn. Chan urrainn an eaglais earbsadh as a buill féin; seasaidh cuid dhiubh gu daingean air a taobh, ach théid na mìltean dhiubh gu toileach leis an t-saoghal.

Cleachdaidh na cìobairean gach innleachd agus ealadhain as aithne dhaibh air ghaol an eaglais a lionadh, ach cha bhi aca air a shon ach feitheamh fada ri eòrna na gainmhich. Is maith an rud taois an t-soisgeil a bhi anns an t-saoghal, ach cha mhaith an rud taois an t-saoghail a bhi anns an eaglais.

Annas a' Choille Bheithe

BEAGAN làithean roimh Dhi-dòmhnach BÈAGAN bha mi dol thairis 'n am inntinn air na nìtean a bha 'n am bheachd a ràdh ri mo choimhlthional mu aiseirigh Chrìosd air co-ainm an là air an d' éirich e. Ach mar bu mhò a bha mi dol thairis orra is ann bu lugha bha iad a' còrdadh rium. Chuir so iongnadh orm, oir bha mi an dùil gu robh argumaid phongail agus òrdail anns an t-searmon a bha mi ag ullachadh. Ach ma bha, cha robh a' bhuaidh aige air m' inntinn féin a bu mhaith leam a bhi aige air a' choimhlthional, agus cha mhò a bha saorsa no fois ann am spiorad.

Mu dheireadh thionndaidh mi m' inntinn air falbh o rìa smuaintean a bha innte fad na maidne, is chuir mi romham sgrìob a ghabhail do'n Choille Bheithe. Cha robh mi ach leth-uair an uaireadair air falbh o'n dasc uile gu léir, ach anns an leth-uair sin fhuair mi ceann-teagaisg agus searmon ùr, gun sireadh, gun siubhal, gun smuain; agus chan e mhàin gu'n d' fhuair mi searmon ùr ach bha e cho soilleir dhomh ris a' ghréin cìod a bha ceàrr air an fhear eile. Bha so ceàrr ann, gu robh mi dol a bhruidhinn ri muinntir Bhlàir mar nach robh annta ach luchd-lagha, agus gu'n do dhìchuimh-nich mi nach ann le argumaid a mhàin a thig mac an duine beò ach le feartan dìomhair eile a labhras gu sèimh agus gu cìuin ri chridhe.

Cha robh na feartan sin ri *fhaicinn* no ri *chluinntinn* anns a' Choille Bheithe an là ud, ach dh' *fhairich* mi iad ann am aoraibh, agus anns gach féith is pòr de m' choluinn. Bha àileadh beatha agus gealltanas beatha ag éirigh o'n talamh agus ag iadhadh umam mar gu'm bithinn air mo shìopadh le sàbh ioc-shlàinteach. Bha mi ann an saoghal eile seach an saoghal anns an robh mi aig an dasc, is thàinig am facal so thugam, "Nochdadh e do dhithis diubh *ann an cruth eile*" (Marc xvi. 12). Sin am facal a ghabh mi mar bhonn-teagaisg air Dì-dòmhnach Càs.

An coimeas ris na guthan sòluimte leis an robh a' Choille Bheithe a' togail fianuis mu'n bheatha neo-chriochnach a tha ann an Dia cha robh anns na h-argumaidean agam-sa ach

gliongarsaich thioram gun seadh. Bha gach nì a bha mu'n cuairt orm a toirt dearbhachd do m' chridhe gu bheil Beatha na's làidire na Bàs; nach b' urrainn am bàs buaidh fhaotainn thairis air Chrìosd a chionn gu robh a' bheatha shiorruidh sin ann a tha ann an Dia.

Bha corp Chrìosd air a leòn agus air a bhriseadh air a chrann-cheusaidh, air chor agus gu'n deachaidh e as an t-sealladh agus nach fhaicear e tuilleadh *anns a' chruth sin*, ach tha Chrìosd 'nar meas anns an t-saoghal an diugh *ann an cruth eile*; a' labhairt ri barrachd dhaoine na labhair e riamh riu ann an Galile, is tha cumhachd agus tighearnas, agus oighreachd aige nach robh aige ann an làithean fheòla. Gach uair a chruinnicheas a shluagh còmhla 'n a ainm, tha e maille riu; air uairean anns a' chùbaid, an uair a sheallas mi air a' choimhlthional, saoilidh mi gu bheil mi 'g a fhaicinn a' gluasad air feadh na h-eaglais, a' stad aig aon suidheachan agus a' dol seachad air suidheachan eile. Innsidh na h-aodainn na suidheachain aig a bheil e a' stad.

Bha là ann anns an robh Pol am beachd gu robh Peadar agus na h-abstoil eile air an dearg chuthach, a' searmonachadh soisgeul air nach robh dreach na firinn, soisgeul na h-aiseirigh; is tha mi làn chinnteach, na'n rachadh iad a dheasbuid ris air a' chuspair sin air beulaibh luchd-lagha, gu'n deanadh e culaidh-mhagaidh dhiubh uile. Ach thachair nì-eigin ann am beatha Phoil a thug a steach do shaoghal ùr e, agus gun a chomhairle a chur ri fuil no ri feòil, chaidh esan a mach cuideachd a shearmonachadh soisgeul na h-aiseirigh. Nochd an Tigh-earn Iosa e féin dha *ann an cruth eile*.

Mar is trice sin mar tha creideamh air a dhùsgadh ann an cridheachan dhaoine; tha rud-eigin a bha marbh annta a' dùsgadh, agus ann am prioba na sùla tha iad ann an saoghal ùr. Is ann glé annamh a dhùisgeas argumaid an rud marbh so ann an daoine; tha e air a dhùsgadh le fichead rud air nach 'eil e furasda ainm a chur, ged is e an Spiorad Naomh is co-ainm dhaibh uile. Tha an Spiorad Naomh a' séideadh far an àill leis; chithear a chomhar-

raidhean agus a thoraidhean, ach cò is urrainn a ràdh cia as, no ciamar a thàinig e.

Ann an leabhar beag bòidheach a bha air a chur a mach o chionn bhliadhnanachan, mar gu'm bu sheann leabhar e a bha air a sgrìobhadh le deiseiobul iriosal a bha maille ri Iosa ann an làithean fheòla, tha e air innseadh ciamar a thòisich e air creidsinn nach robh Iosa marbh ach beò.

Bha bàs Chrìosd air Calbhari dha mar gu'n dearbhteadh dha nach robh Dia ann. An uair a chunnaic e sagartan agus maoir agus saighdearan a' deanamh tàir is magadh air, agus a chunnaic e a chorp air a shineadh air a' chrann-cheusaidh, leum pian umhasach 'n a' cheann, mar gu'm biodh rud-eigin air sgàineadh ann, is thuit e as a sheasamh.

Thug càch a steach e ann an riochd mairbh do thigh a bha dlùth. Fad chòig seachduinnean bha e eadar bàs is beatha ; gun fhios aige ciod a thachair aig an uaigh, no anns an t-seòmar uachdrach, no air an rathad gu Emaus. Ach uigh ar n-uigh thàinig a neart agus a mhòthachadh air ais, agus an sin rinn e deas a dhòl dhachaidh do Ghalile.

An oidheche m' an d' fhàg e Ierusalem chaidh e mach gu sliabh nan crann-ola, a dh' fhaicinn an àite aon uair eile. Shuidh e fo chraoibh, a' cuimhneachadh nan làithem sona a bha aige maille ri Iosa, agus a' caoidh gu robh sin a nis ullamh gu bràth tuilleadh. An ath mhionaid chual e guth bòidheach a' seinn gu h-iollagach : an uair a thionndaidh e a dh' fhaicinn cò a bha seinn, thàinig Muire Màgdalen mu'n ceairt an oisein. B' aithne d'ò na deiseiobuil uile Muire agus an gaol a bha aice air Iosa, is chuir e fearg air gu robh a cridhe cho aotrum 's gu'n togadh i fonn òrain agus gun Iosa ach còig seachduinnean anns an uaigh.

“ Ciamar a thèid agad air seinn, a Mhuire.” ars' esan, “ agus Iosa marbh ? ”

Ach rug Muire air mhùilchinn air, “ Chan 'eil Iosa marbh,” ars' ise ; “ chunnaic mise e, is chunnaic Peadar agus càch e, is tha iad air dol a mach a shearmonachadh rioghachd Dhe mar dhaoine aig a bheil sgeul aoibhneach agus mar dhaoine a tha cinnteach gu bheil Chrìosd maille ri u.”

Shaoil e gu robh Muire air a ciall a chall, is dh' iarr e oirre a shealladh fhàgail, oir chuir e mulad air a bhi 'g a cluinntinn ri seachas gun

bhun mu'n Neach Naomh seach mu rud air bith eile.

Am màireach chaidh e air ais do Ghalile, agus a chridhe gun cheòl, gun sonas, gun dòchas, mar is dùth do dhuine a bhith o'n d' fholuich Dia a ghrùis. Ach cha' luaithe 'a ràinig e an t-àite, ri taobh na mara, anns an cual e Iosa an toiseach a' teagasg na thachair ni-eigin 'n a anam a dh' atharraich an saoghal uile dha. Co dhiu a bha e anns a' choluinn no as a' choluinn, cha b' urrainn dha innseadh ; thàinig aoibhneas na beatha, agus aoibhneas na slàinte, agus dearbhachd na saorsa, air an ais thuige le leithid de chumhachd agus de glòir 's gu'n deachaidh a chorp air chrith, agus b' fheudar dha a thaic a leigeil ri creig, air eagal gu'n tuiteadh e. Anns a' mhionaid ud bha e cho cinnteach gu robh Iosa beò 's a bha e as a chasan agus a làmban fèin. Chan fhac e dad is cha chual e dad, ach dhùisg ni-eigin 'n a chridhe nach robh fhios aige cia as a thàinig e ; aoibhneas nach d' fhiosraich agus nach d' fhaireich e riamh a leithid. Dh' fhalbh gach teagamh, agus gach carraid, agus gach deacair-eachd, a bha cur dragh air mar dh' fhalbhas na sgàilean aig éirigh na gréine, oir bha Chrìosd maille ris.

Sin mar tha creideamh air a dhùsgadh anns an anam a thaobh nan nithean neo-fhaicsinneach agus sìorruidh nach fhaic an t-sùil chorporra ; chan ann idir le argumaidean no le dearbhaidhean a riaraidheadh clann Edoim no clann Euclid a tha dearbhachd spioradail air a dhùsgadh anns an anam, ach le oibreachadh dìomhair an Spioraid Naomh agus le blas fhaotainn de thobar na beatha a tha ann an Dia. Tha lànachd beatha agus lànachd sìthe ann an Dia ; iadsan a dh' fhiosraich a' bheatha sin agus an t-sith sin, tha dearbhadh agus dòchas na beatha maireannaich aca anna fèin.

Is ann air mhodh spioradail a thuigear nithean spioradail.—POL.

Cha sealbhaich fuil no feòil rioghachd Dhe.—POL.

An ni sin a tha air a bhreith o'n fheòil, is feòil e ; agus an ni sin a tha air a bhreith o'n Spiorad, is spiorad e.—IOSA CRÌOSD.

Na gabh iongantais gu'n dubhairt mi riut, Is éigin duibh bhì air bhur breith a ris.—IOSA CRÌOSD.

Aig an Uinneig

Urram do Mhinistear Gàidhealach

THA sinn daonnan toilichte 'nuair a chi sinn Oil-thighean na h-Alba a' cur urram air ministear air bith anns a' Ghàidhealtachd. Am bliadhna tha Oil-thigh Chill Rìmhinn a' dol a thoirt D.D. do Iain Dubhach, Ministear a'

Chnuic Bhàin, an Siorramachd Rois. Ged nach 'eil e a' searmonachadh Gàidhlig tha e a' saothrachadh anns a' Ghàidhealtachd, is tha sinn 'g a chunntas mar aon dhinn fèin. Gu ma fada a mhealas e an tìotal ùr so, tìotal a thugadh dha a chionn gu robh làmh aige o chionn

iomadh bliadhna ann an riaghladh nan sgoilean an Siorramachd Rois, agus gu robh e greis de'n ùine sin 'n a' fhear-cathrach aig a' Chomunn a tha sealltainn as an dèidh.

An t-Urramach Alasdair Mac Aonghuis

Shiubhail an sgoilear maith so air a' mhìos a chaidh seachad ; sgoilear a b' fheàrr a thàinig as an eilean Sgitheanach ri mo chuimhne, am measg mhinistearan co dhui. Thogadh e anns an eaglais Shaoir is thòisich e air a' mhinis-trealachd ann an Tigh-a-bhealaich, an Cnapadal. Sin far am faca mi e an toiseach, agus far am bithinn air uairean 'g a' chluinntinn, ach ged nach robh mise ach 'n am oileanach òg aig an àm, tha cuimhne agam fhathast air rian agus òrdalachd a theagaisg, agus an t-eadar-dheal-achadh a bha eadar e agus seòrsa eile mhinis-tearan nach robh furasda leantuinn air an sàil.

An dèidh tha Cnapadal fhàgail bha e greis am Baile Mhuire agus anns an Tòiseachd, an Siorramachd Rois, agus 'n a dhéidh sin chaidh e do Chill Liston, an Gleana Iucha.

Lean e air an sgoilearachd uile làithean a bheatha, is bha comharraidhean na sgoilearachd air a h-uile facal a labhradh no sgrìobhadh e. Bha salann is piobar is mustard anna, a' cur blas air biadh maith. De na chuala mi de mhinistearan Gàidhealach riamh, a' searmon-achadh am Beurla, is e Alasdair Mac Aonghuis am fear a b' òrdaile agus a' b' fhusa a thuigsinn cìod an ceann-uidhé a bha 'n a bheachd. Agus is mór a' chomain a chuireas duine a labhras gu ciallach agus gu h-òrdail air na truaghain a tha anns na suidheachain.

Chan abair mi gur e searmonaiche mór a bha ann, ach gu cinnteach bha e òrdail. Chan 'eil na searmonaichean móra pailt ach dh' fhaodadh an fheadhainn òrdail a bhi na bu lionmhoire na tha iad.

Tigh gun chù, gun chat, gun leanabh Tigh gun ghean, gun ghàire

Bho chionn ghoirid bha boirionnach a' labhairt air an labhran-sìth agus am measg nithean eile a thubhairt i thubhairt i so, "gu robh aon duine deug cloinne aig a màthair ach nach robh aice-se ach a h-aon, agus nach robh i a' ciallachadh an còrr a bhi aice." Sin agaibh sin. An uair a thòisicheas na boirionn-ach air labhairt air an dòigh so tha an t-àm aig na diadhairan an leabhraichean air oibre an fhreasdail a sgrìobhadh as ùr. Bha uair ann a bha sinn an dùil gu robh na nithean ud ann an làmhnan an fhreasdail ach tha e coltach nach 'eil.

Tha aobhar no dha air a' Ghàidhealtachd a bhi dol fàs ach is e an t-aobhar as motha nach 'eil an diugh ach aon phàisde—no theagamh nach 'eil gin idir ann—far am b' àbhaist

seachdnar no ochdnar a bhith. Tha sgoilean 'g an dùnadh anns a' Ghàidhealtachd ann an àitean far a bheil a cheart uiread thighean 's a bha anna riamh, *ach chan 'eil clann anna*. Ann an oisean de Chille-sgumain far a bheil còig ar fichead de thighean, agus smùid anna uile, chan 'eil ann ach ceathrar phàisdean aig aois sgoile. Tha gramaphone agus labhran-sìth anns a' chuid mhòr dhiubh ach chan fhaicear creathail. Chan 'eil ach aon chreath-ail an Cille-sgumain an diugh, té a tha aig Eachann Mac Aonghuis, ach cha do chuir bean Eachuinn riamh feum oirre, oir fhuair iad caileag á tigh nam bochd ann an Govan a bhios a' ruith air thurasan dhaibh, agus tha a' chreathail anns an t-sabhal, a' gleidheadh buntàta.

Dà thaobh air a' Mhaoil

Ann an leabhar a sgrìobh Gibbon mu ìom-paireachd na Ròimhe thubhairt e, "na' n robh agam ri ràdh cìod an t-àm ann an eachd-raidh an t-saoghail anns am bu shona agus am bu shoirbheachaile an cinneadh-daonna uile gu léir shònraichinn na bliadhnanach eadar 96 agus 180 A.D."

Sin na bliadhnanach m' an do sgrìobh an t-abstol Eoin mar so ann an leabhar an Taisbein, "Glàir agus cumhachd do'n Tighearn ar Dia-ne ; oir is fìor agus cothromach a bhreith-eanaid ; thug e breith air an strìopaich mhòir, a thruaill an talamh le a strìopachas, agus dhiol e fuil a sheirbhisich féin air a làimh."

Thug Gibbon aon chliù air Iompaireachd na Ròimhe ach thug an diadhair Eoin ainm eile oirre. Gu cinnteach tha da thaobh air a' Mhaoil.

Suas leis a' Ghàidhlig

Tha e air a ràdh gu bheil a' Ghàidhealtachd làn de sgoilearan Gàidhlig an diugh. Tha Gàidhlig air a teagasg ann an trì de Oil-thighean na h-Alba ; tha i air a teagasg anns a h-uile sgoil an siorramachd Inbhirnis anns a bheil clann aig a bheil i ; tha sgoil-shamhraidh aig a' Chomunn Ghàidhealach a h-uile bliadhna ; is tha eadhon na paipèaran-naigheachd agus an làbhran-sìth air tòiseachadh air Gàidhlig a theagasg. Mar sin cha ruig mi leas mo leth-sgeul a ghabhail ma dh' iarras mi air na sgoilearan sin an crioman Beurla so a thionndadh gu Gàidhlig, crioman Beurla a bha air a sgrìobhadh le Aonghas Mac Dhonnachaidh, a bha aon uair 'n a cheann suidhe air a' Chomunn Ghàidhealach, anns an leabhar ùr ris an abrar, *Children of the Fore-World*.

"It has led me into a spiritual dream,¹ centric, yet elusive and mysterious if you like. But the conditioning is altogether syncretic, free from positive philosophy. Perhaps it is

¹ dream = buadar.

the effect of blood *geasa*—a restless but creative spirit—spanning the sensory arches for the moods of Time to exercise. To me the fascination of life is bound with the wander-soul—in the reactions of revelation and mystery. For I am made a commander of sublime event-

alities. I beget my own dynamics. Science limits her geometric authority; but I can with intangible splendour, nay with infallible accuracy, dogmatise on the embalmed conception of the conscious power that sent the first electron hurtling into space!"

Cuairt ann am baile Ierusalem

LEIS AN URRAMACH IAIN MAC AONGHUIS, M.A., ANNS A' CHONGHAIL.

(*Air a leantainn*)

CHI sibh bùthan éisg. Tha sluagh nan dùthchanna an Ear gu léir glé thoigheach air iasg. Cia as a tha an t-iasg sin a' tighinn? Oir chan 'eil muir faisg air Ierusalem. Tha á Haifa agus Iaffa (Ioppa), agus cuid dheth á muir Ghalile. Cha bhi na *motor-lorries* fada ris a' ghnòthuch. Tha na rathaidean-móra cho maith o'n ghabh Breatann as làimh riaghladh na dùthcha's gu bheil e soirbh bathar sam bith a ghluasad o àite gu àite. Chi sibh bùth a' chriadhadair cuideachd. Anns na h-Innsean chi sibh an criadhadair ag obair ri taobh an rathaid, mar is trice gun fhàrdaich os a chionn. Ach an so tha fàsghadh aige o'n ghréin agus o'n uisge; agus tha na soithichean a tha ullamh air son a' mhargaidh air an ullachadh gu snasail air cuntair agus am fear-ceaird fhéin 'n a shuidhe beagan air an cùlaibh. Chan 'eil e a' feitheamh gus an tig an ath neach a cheannach poite no cumain. Tha e ag obair a' h-uile mionaid, a' dealbh agus a' liomhadh shoithichean ùra. Ghabh iomadh fear-teagaisg agus fàidh obair a' chriadhadair mar chosmhachadh air fìrinnean spioradail. Nuair a bha Ierenuis a' beachdadh air comas agus cumhachd Iehobhah, cha b'urrainn dha samhladh fhaotainn na bu fhreagarraiche na an criadhadair a' dealbh soitheach ùr a mach as a' chriadh. Mur bheil cumadh an t-soithich a' còrdadh ris an oibriche, tha e a' briseadh a' cheud oidhirp agus a' tòiseachadh aon uair eile. "O thigh Israel, nach faod mise a dheanamh ruibhse mar an criadhadair so? deir an Tighearn. Feuch, mar a' chriadh an làimh a' chriadhadair, is amhùil sin sibhse ann mo làimh-sa, O thigh Israel."

Tha an saor an so cuideachd. Tha a bhùth fosgailte ris an t-sràid agus chi sibh e fhéin a' lochdradh no a' snaidheadh an fhiodha. Ann a leithid so de sheòmar, gun teagamh, bhiodh Ioseph, agus Iosa 'ga chuideachadh, a' deanamh chrann-treabhaidh, a' dealbh chuingean air son nan damh, a' deasachadh bhòrd agus fhurm air son nan tighean-còmhnuidh. "Nach e so an saor." arsa muinntir Nazaret.

Mhòthaich mi gur e Arabianich a bha anns a' chuid mhór dhe na luchd-ceaird anns a' bhaile. Tha Iudhaich an latha 'n diugh maith air reic agus air ceannach, ach a réir coltais

chan 'eil iad glé thoigheach air a bhi 'g obair le an làmhan. Chan ann mar sin a bha o shean 'nuair a bha e dlìgheach air a h-uile pàranta ann an Israel, uasal agus iosal, ceaird air chor-eigin ionnsachadh do a mhac. Bhuineadh Pol, a réir coltais, do theaghlach a bha maith dheth, agus chuir e seachad bliadhnaichean ann an oil-thigh Ierusalem, 'n a shuidhe aig casan Ghamaliel. Agus anns na làithean sin cha robh *bursaries* no *scholarships* ann. Is fheadar gu'n do chosd 'athair mòran air oileanachadh. Ach os barr an fhoghlum a fhuair e ann an litreachas agus ann an diadhaireachd, thug e mach ceaird fear-deanamh phàillìuna. Agus nuair a bha e a' cuartachadh muir agus tìr, a' craobh-sgaoidh an t-soisgeil, bha e 'n a chleachdadh dhà a bhi cosnadh a theachd-an-tìr le fallus a ghruaidhe. Is e deadh chleachdadh a bha sin, agus tha mi creidsinn gu'm biodh sinne 'n ar dùthaich fhéin na b'fheàrr dheth na 'm biodh an òigrìdh a' faotainn foghlum, chan ann a mhàin ann an litreachas ach ann an ealaidhean eile.

Chunnaic mi aon cheaird ùr a chòrd ri mi gasda. Aig oisein sràide, 'n a shuidhe air a' chabhsair, chunnaic mi bodach mór Arabianach agus brìg mhór de sheann *motor tyres* ri thaobh. Bha e 'g an sgoltadh 's 'g an snaidheadh le sgithinn agus ann am beagan ùine bha paidhir bhòrd ullamh aige. As déidh sin chum mi mo shùilean air casan an t-sluaigh agus mhòthaich mi gu robh mòran dhiubh a' giùlan bhòrd a thug deagh sheirbhis air son iomadh mìle air cuibhlichean *Fords* agus *Buicks*. Air son cabhsairean corrach Ierusalem, chan urrainn domh smaoinichadh c'àite am faighteadh brògan na bu chomhfhurtachdaile.

Anns na sràidean caola sin, tha sluagh dumbail a' gluasad gun tàmh, a' coiseachd, a' ceannach, a' coimhead, a' bruidhinn.

Chi sibh bean Mhohametanach agus cleòca dubh oirre, sgàile dhubh air a h-aodann agus basgaid 'n a làimh. Chan fhaod i a h-aodann a nochdadh ann an àite follaiseach. Chi sibh a' bhan-Iudhach, a' còmhachadh mar gu'm biodh i air sràid ann an Glaschu. Chi sibh o'n a gnùis nach biodh e soirbh do mharsanta sam bith an car a thoirt aise. . . .

'Tha dithis a' tighinn an so a ghlasas an t-sùil. Tha cota fada dubh air gach fear dhiubh. Tha sgeòdan a' chòta a' fosgladh farsuinn anns a' ghaoith. Tha ad bhog dhubh orra. Tha feusag robach fhada a' tuiteam sios air am broilleach. Tha coilear geal lin m'an amhaich. "Nuair a thogas iad an ceann beagan, mothaichidh sinn nach 'eil iad a' giulan 'tie' idir." Tha am falt a' tuiteam 'n a logaidh air a deagh thoinneamh, air gach gruaidh. 'S e na cluigeannan fuil sin a thug orm coimhead as an déidh agus farraid cò iad. Bha an gnùis a' nochdadh gu'm buineadh iad do thigh Israel. Ach bha an logaidh fhada air gach gruaidh mar chomharradh gu'n robh iad a' leantainn an aidmheil as teimne de'n chreideamh Iudhach. Chan 'eil na h-Iudhaich uile de'n aon bheachd a thaobh creidimh. Tha sgoltaidhean agus dealaichidhean 'n am measg, eadhon mar am measg Chriosduidhean. Tha feadhainn teann agus feadhainn farsuinn. Agus tha luchd nan logaidhean fada a' coimhead sios air na h-Iudhaich eile, eadhon mar bha na Phairisaich o shean a' deanamh dimeas air na Samaritanaich agus air sluaigh Ghalilee. "Chan 'eil comunn aig na h-Iudhaich ris na Samaritanaich." Agus a ris, "An urrainn ni maith sam bith teachd á Nazaret." Chan 'eil annta ach buidheann bheag, ach tha iad a' deanamh oidhirp an lagh uile a choimhlionadh. Agus tha iad am beachd gu bheil Iudhaich dhùthchanna eile agus móran de Iudhaich Phalestin cuideachd, gu h-àraidh na *Zionists*, ag imeachd air an t-slighe leathainn. Is e iadsan Phairisaich an latha 'n diugh. Ma thionndaidheas sibh suas leabhar *Lebhticus*, xix. 27, leughaidh sibh an t-ùghdarras a tha iad a' gabhail air son na cluigeanan fuil sin a ghiulan air an leth-cheann. "Cha bheàrr sibh mu'n cuairt oisinnean bhur cinn, ni mò a mhilleas tu oisinnean t'fheusaig."

Seasamaid tiota beag agus mothaicheamaid a' chuid eile dhe'n t-sluaigh. Tha Arabianaich mhóra an so a thàinig a mach as an fhàsach. Daoine foghainteach; feusag air am peirceall, siùil dhubh gheur 'n an ecann, *kaftan* no cleòca fada farsuinn donn timchioll orra, agus seòrsa de churachd bàn air an ecann, agus sgeòd fada dheth a' tuiteam sios air an guaillibh. Tha coltas orra gu'm biodh an claidheamh agus an cuilbhear fada na bu nàdurraiche 'n an làmhan na bata a' chiobair. Bha ùpraidean ann am Palestin o chionn bhliadhnaich. Agus b'e na seòid so a b'aobhar dhoibh. Reic móran diubh an cuid fearainn, no reic an nachdarain (na *sheiks*) am fearann ris na h-Iudhaich. Fhuair aid deagh phris air an fhearann, ach shiubhail an t-airgiod gu-h-ealamh. Ma bhios airgiod aig Arabianach tha e losgadh toll 'n a phocaidh gus an cosd e e. Agus nuair a thig crìoch air an airgiod tha e a' leagail siùil eudmhor air na

h-Iudhaich ghleusda a tha a nis ag àiteachadh a sheana chroit. Agus mar tha fhios agaibh tha euchdan uamhasach a' leantainn air uairibh as déidh na siùil eudmhor. Tha e nàdurrach gu leòir, ach 's e gnothuch duilich a tha ann air son sin.

Am measg an t-sluaigh chi sibh fear ann an aodach pears' eaglais. Tha cleòca fada dubh air mar a bhios air na ministirean againn fhéin anns a' chùbaid. Tha feusag fhada air agus boinneid chruinn dhubh, mar a bhios air còcaire air bòrd luinge. Is e sagart Greugach a tha so. Buinidh e do'n aon eaglais ris na Greugaich, na Russianaich, agus fineachan Chriosduidh dùthchanna Shiria agus Arabia. Canaidh iad *Orthodox* riubh fhéin. Tha sin a' ciallachadh "Ceart Theagasg." Chan 'eil co-chomunn idir aca ris na Romanaich. Agus ged tha móran anns a' chreideamh aca do nach urrainn Pròstanach aonta a thabhairt, tha iad glé chàirdeil do'n eaglais againne.

Agus chan urrainn nach fhaic sibh na man-aich Romanach ris an abrar "*Franciscans*." Tha casagan fada ruadh orra agus rop mu am meadhoin. Air ceann an rop sin tha trì snaiman, a tha sàmhlachadh nan trì bòidean a tha am manach a' gabhail air fhéin. Tha móran eaglaisean aca anna an dùthaich so agus móran sgoilean agus dachaidhean air son dhilleachdan.

Am measg nan daoine coimheach sin uile, chi sibh a' giulasad air an socair, a' coimhead air gach ni, a' giulan *camera* anns an aon làimh agus leabhar-iùil anns an làimh eile, ar càirdean fhéin, na Breutannaich agus na h-Americanaich. Tha iad anns a' bhaile air son beagan làithean agus tha iad air son gach ni agus gach àite fhaicinn agus a thadhal. Tha marsantan Ierusalem dearbhta gu bheil iad uile làn airgid, agus iarraidh iad trì prìsean air son an goireasan. Ach chan 'eil an t-airgiod cho pailt aig an luchd-turuis sin an diugh.

(*Ri bhi air a leantuinn*)



Annas a' Chùbaid

Gealladh Chrìosd

"An ti a chreideas annam-sa, na h-oibre a tha mise a' deanamh, ni esan mar an ceudna, agus ni e oibre as mò na iad so, do bhrìgh gu bheil mise a' dol chum m' Athar."—EOIN XIV. 12.

CIOD a tha am facal so, no an gealladh so, a' ciallachadh? Tha e a' ciallachadh gu bheil oighreachd aig an Eaglais nach do shealbhaich i fhathast, agus cumhachd maille ri Dia nach do thagair i riamh. Tha e a' ciallachadh gu rachadh aig an Eaglais an diugh air na ceart mhìorbhuilean a dheanamh a rinn Crìosd an uair a bha e air thalamh, na'n robh a creideamh làidir is bèd; gu'n deanadh i nithean na bu mhìorbhuiliche ann an sùilean an t-saoghail na na nithean a rinn esan ann an làithean fheòla, na'n earbadh i gu buileach as na dòighean agus as na feartan anns an robh Crìosd a' creidsinn, agus na'n leigeadh i seachad dòighean agus fasain an t-saoghail.

Tha sin air a chur sìos cho soilleir anns an Tiomnadh Nuadh 's nach urrainnear dol seachad air gun fhios duinn, ach air a shon sin, chan 'eil sinn 'g a ghabhail gu cridhe. Tha sinn a' leughadh agus ag èisdeachd, ach chan 'eil sinn a' creidsinn. Tha Dia a' gairm oirnn earbsadh ri ùrnuigh agus ri creideamh agus ri oibreachadh an Spioraid Naomh, ach ged dh' aontaicheas sinn le ar bilean ris an teagasg sin, chan 'eil sinn 'g a chreidsinn ann an grunnad ar cridhe, agus fad na h-ùine, tha sinn a' cur ar n-uile earbsa 'n ar gliocas féin, agus ann an solus ar reusoin féin. *Ach cha tug riamh, agus cha toir gu bràth, solus a reusoin fèin duine a steach do rìoghachd Dhe, is cha mhò a ni duine oibre spioradail le solus a reusoin no le cumhachd na h-inntinn.*

Solus ar reusoin

Theagamh gu'n saoil cuid de na leughas an duilleag so gur facal duilich so, agus theagamh gu'n saoil cuid eile gur facal ceàrr e, ach cuimhnicheadh iad nach e mo bheachd-sa a tha ann idir, ach teagasg Chrìosd, agus cha bhreugnaichear fhacal-san gu bràth. Chan 'eil mise cho faoin agus gu'n saoil mi gu'n téid agam air a dhearbhadh do dhuine air bith gu'n tigeadh cumhachd ùr o Dhia a steach 'n a bheatha na'n leigeadh e seachad a bhi ag earbsadh ann an solus a reusoin féin, agus na'n leigeadh e e féin gu buileach an urra ri Dia, a' creidsinn gu'n deanadh Dia aithnichte a thoil dha, agus gu'n stiùradh e a cheuman; cha ghabh sin a bhi air a dhearbhadh do dhuine mur teagasg an Spiorad Naomh dha e.

Is e an cnap-starra as mò anns a' bheatha

dhiadhaidh, gu bheil e cho duilich do dhaoine ionnsachadh solus an reusoin féin a chur air chùl agus an earbsa uile a chur ann an creideamh agus ann an ùrnuigh, an dà rud as urrainn an cumail ann an co-chomunn Dhe. Agus is e a' chreag air a bheil an Eaglais a' deanamh long-bhrisidh daonna, a bhi ag earbsadh ann an gliocas agus ann an dòighean an t-saoghail gu bhi cur air adhart rìoghachd Dhe. Chan ann le fuil no le feòil a chuirear air chois an rìoghachd sin, ach le cumhachd Dhe.

Mìorbhuilean Chrìosd

Annas an Tiomnadh Nuadh tha am facal *oibre glé* bhiitheanta a' ciallachadh *mìorbhuilean*, agus is e sin an t-aobhar gu bheil cuid de dhaoine ann beachd gu robh an gealladh so air a choimhlionadh anns na mìorbhuilean-leigheis a rinn na h-abstoil ann an toiseach eachdraidh na h-eaglais. Ach chan e an seòrsa oibre sin a bha aig Crìosd anns an t-sealladh idir an uair a labhair e am facal so, agus cha mhò a bhiodh e fìor a ràdh gu'n do rinn na h-abstoil riamh oibre anns an t-seadh sin a bu mhò na na h-oibre a rinn am Maighstir. Cha do rinn na h-abstoil riamh oibre a b' iongantach na rinn Crìosd an uair a thog e Lasarus o na mairbh, agus a chaisg e onfhadh na fairge.

Ged rinn Crìosd oibre de 'n t-seòrsa sin cha b' e sin an obair shònruichte a thàinig e do'n t-saoghal a dheanamh. B'e an obair a thàinig e a dheanamh, rìoghachd Dhe a chur air chois; sùilean dhaoine fhosgladh, agus creideamh a dhùsgadh anna ann an làthaireachd agus ann an cumhachd Dhe 'n am beatha, agus 'nuair a thubhairt e ris na deisciobuil gu'n deanadh iad oibre bu mhò na rinn esan is e bha e a' ciallachadh gu'm *fàsadh* rìoghachd Dhe, an déidh dha-san an saoghal fhàgail, na bu luaithe na dh' fhàs i am feadh 's a bha e air thalamh.

Tha sin fìor gu litireil. Ged bha Crìosd a' searmonachadh soisgeul na rìoghachd dlùth air trì bliadhna cha robh 'g a leantuinn ach beagan dheisciobul, ach an déidh dha éirigh o na mairbh agus an saoghal fhàgail *chreid na mìltean*, is mheudaich an eaglais gu luath. Sin na h-oibre a bha 's an amharc aige an uair a labhair e am facal ud ris na deisciobuil, oibre a thòisich air là na Caingis, 'nuair a bha

tri mìle anam air an iompachadh fo shearmonachadh Pheadair, agus a tha dol air adhart an diugh fhathast. Tha barrachd Chrìosd-uidhean an diugh ann an iomadh baile beag anns na h-Innsibh an Ear na bha ann an Ierusalem air maduinn na h-aiseirigh.

Tha obair Dhe anns an t-saoghal a' fàs agus a' rioghadh a' teachd; tre shearmonachadh an t-soisgeil agus tre fhianuis a dheisciobul tha cinnich a' tighinn a dh' ionnsuidh a sholuis agus rìghrean a dh' ionnsuidh a ghrian-éirigh: *ni sibh oibre as mò na iad so do bhrìgh gu bheil mise a' dol chum m' Athar.*

Thug na dùsgaidhean spioradail a thachair an Antioch agus an Samaria bàrr air na mìorbhuilean a rinn Crìosd 'nuair a leighis e daoine tinne, doill agus bacaich agus bodhair.

Chuir Crìosd an sìol le deuraibh, agus bhuaibh na h-abstoil le gairdeachas, ag iomchar sguaban a bu mhò na chunnaic esan 'n a là. Chunnaic Pol agus Apollos toradh an saothrach an Corint mar nach fhaca esan toradh a shaothrach an Capernaum no an Ierusalem.

An abair sinn, mata, gu'm b' fheàrr na h-abstoil na am Maighstir, mar theachdairean na rioghadh? Chan abair idir, oir na nithean a rinn iadsan rinn iad iad a chionn gu robh esan maille riu, agus a chumhachd-san annta. Is ann uaith-san a shruth na feartan a rinn an obair-san soirbheachail, agus is e an t-aobhar gu robh comharran follaiseachadh a' leantuinn an searmonachaidh, *gu'n deachaidh Crìosd suas a chum an Athar.*

Soisgeul nan Abstol

Cha robh gràdh Dhe 'n a lànachd air fhoillseachadh do'n t-saoghal gus an do bhàsaich Crìosd air Calbhair air son pheacach; cha robh glòir Chrìosd 'n a lànachd air fhoillseachadh gus an d' éirich e o na mairbh agus an do thogadh suas e gu deas làimh Dhè. Mar sin bha soisgeul aig na h-abstoil ri shearmonachadh mu Chrìosd nach robh aige féin, ma dh' fhaodar a' chainnt sin a chleachdadh. B'e Crìosd air a cheusadh an soisgeul a shearmonaich Pol agus na h-abstoil eile, ach cha b' urrainn do Chrìosd féin an soisgeul sin a shearmonachadh, do bhrìgh nach d' fhuiling e fhathast. Sin an soisgeul no an teachdair-eachd anns a bheil cumhachd Dhe chum slàinte; sin an teachdair-eachd a tha daonnan éifeachdach gus aithreachas agus creideamh a dhùsgadh ann an cridheachan pheacach, agus an toirt a steach do rioghadh nan gràs.

Ann an eachdraidh na h-eaglais cha chualas agus cha d' fhuaras riamh teachdair-eachd eile aig a bheil a' bhuidh-iompachaidh a tha aig soisgeul a' chroinn-cheusaidh, ach mar thubhairt mi cheana, cha b' urrainn Crìosd, roimh dha fulang, iompaidh a chur air cridheachan - dhaoine leis a' chrann-cheusaidh;

ach b' urrainn Pol agus Peadar agus Barnabas a dheanamh, an déidh dha fulang. Sin an t-aobhar, ma ta, gu'n do rinn na seirbhisich oibre a bu mhò na rinn am Maighstir féin.

Cumhachd na h-aiseirigh

Ach bha aobhar eile air cuideachd. Ann an staid a ghloire tha cumhachd agus tighearnas agus uachdaranachd aig Crìosd nach robh aige ann an làithean fheòla. Ann an staid irioslachd bha e 'n a dhuine dhoilghiosan agus eòlach air bròn; rinneadh e 'n a chùis-taire am fianuis an t-sluaigh, ach ann an staid a ghloire tha ainm aige os gach ainm. Thubhairt Pol aon uair gu robh e air a theannachadh eadar dhà ni; air a shon féin bha iarraidh aige air falbh agus a bhì maille ri Crìosd, ach air an làimh eile bha iarraidh aige air fantuinn, gus a bhì feumail do eaglais Chrìosd air thalamh. Bha fios aig Pol gu'n cuireadh am bàs sgaradh eadar e fhéin agus an sluaigh a bha air a chùram; bha fhios aige, aon uair 's gu'm fàgadh e an saoghal so, nach b' urrainn e dad a dheanamh air an son tuilleadh. Ach cha do labhair Crìosd mar sin. Is e a thubhairt esan, *Is buannachd dhuibh mise a dh' fhalbh, oir ma dh' fhalbhas mise, bheir an t-Athair dhuibh Comhfhurtair eile a dh' fhanas maille ruibh gu bràth, Spiorad na fìrinn.*

Tha an Spiorad Naomh a nis anns an t-saoghal, a' cur air adhart obair shlàinteil Dhe, agus a' còmhnuidh anns gach creidmheach a ghabhas ris; na h-oibre a tha iad a' deanamh, chan iad féin a tha 'g an deanamh ach an Spiorad Naomh a tha ag oibreachadh annta. Tha an Spiorad Naomh, mar a' ghaoth, a' séideadh far an àill leis, ach ge b' e àite no dòigh anns an cluinnear fhuaim tha e 'n a chomharra air cumhachd agus air uachdaranachd Dhe, agus air a' choimh-cheangal shiorruidh a rinn e ri shluaigh 'n a Mhac.

Dà ni feumail

Ach ged thug Crìosd an gealladh so d'a shluaigh, an gealladh gu'n deanadh iad nithe mòra is mìorbhuileach 'n a ainm-san, cha tug e dhaibh na chum chumha; tha an dòigh anns am buadhaich iad air innseadh, (1) feumaidh iad an uile earbsa a chur ann an ùrnuigh agus ann an creideamh, agus (2) feumaidh iad na h-oibre a dheanamh an ainm Chrìosd agus chan ann 'n an ainm féin.

Sin rud a tha duilich a dheanamh, ar n-uile earbsa a chur ann an ùrnuigh ri Dia, agus is rud e nach gabh deanamh mur bheil sinn air ar teagasg leis an Spiorad Naomh agus a' fantuinn an co-chomunn Dhe. "An ti a chreideas annam-sa, na h-oibre a tha mise a' deanamh, ni esan mar an ceudna." Tha creideamh agus ùrnuigh còmhla daonnan. Tha e cho nàdurra do dhuine aig a bheil

creideamh fìor agus beò ùrnuigh a dheanamh, agus bruidhinn ri Dia, 's a tha e dha anail a tharruing. Agus tha an neach a bhios ag ùrnuigh agus a bruidhinn ri Dia a' cleachdadh creidimh anns an dòigh as éifeachdaiche as urrainnear a chleachdadh.

Tha iomadh aobhar a' comh-oibreachadh maille ri chèile gu bhì deanamh ar beatha spioradail bochd agus anfhann, agus gu bhì deanamh ar n-oibre neo-tharbhach. Ach is e an fhìor aobhar nach 'eil earbsa againn ann an Dia, agus nach 'eil creideamh againn gur leinn uile chumhachd Dhe ann an Crìosd, ma thoilicheas sinn. Fad na h-ùine a bhios sinn ag ùrnuigh tha sinn a' cumail ar sùla air nithean eile seach cumhachd Dhe; *tha sinn ag ùrnuigh ann an solus ar reusoin féin*. Ach an ti a ni ùrnuigh an solus a reusoin féin, na saoilleadh e gu'm faigh e ni air bith o'n Tighearn! Chan fhaigh sinn ni air bith o'n Tighearn gum am bi sinn falamh.

A réir teagasg Chrìosd tha ùrnuigh a' chreidimh uile-chumhachdach agus buadh-mhor daonnan, ach a réir gliocas an t-saoghail so chan 'eil ùrnuigh tarbhach ach ann am beagan. *Ann an solus reusoin* cuirear sìos 'n an sreath na nithean nach ruigear a leas a thoirt gu Dia ann an ùrnuigh a chionn nach 'eil éifeachd innte d' an taobh, ach cha do chuir Crìosd gàrraidhean de'n t-seòrsa sin mu'n cuairt ùrnuigh. "Ma dh' iarras sibh ni air bith an ainm-sa ni mise e." Chan urrainnear Dia a chuartaichadh no thomhas; chan urrainnear a ràdh ris, Gu ruige so thig do chumhachd, ach tha e an aghaidh solus reusoin a chreidsinn gu'n tig Thu na's fhaide. Sin an inntinn fheòlmhor, ach chan ann do'n inntinn fheòlmhor a tha Dia air fhoillseachadh. Chan fhaic duine Dia gu bràth cho fad 's a tha e air a dhalladh le solus a reusoin féin. Chan fhaicear Dia ach 'n a sholus féin; ann an solus an fhoillseachaidh a rinn e air féin ann an Crìosd.

Ùrnuigh an ainm Chrìosd

Tha gu leòir de dhaoine an dùil gu'n do rinn iad ùrnuigh an ainm Chrìosd ma chrìochnaich

iad i leis na briathran, Na nithe sin tha sinn ag iarraidh an ainm Iosa Crìosd ar Tighearn. Ach tha ùrnuigh 'n a ainm-san a' ciallachadh tuilleadh is sin. An uair a tha sinn a' labhairt ri Dia ann an ainm Chrìosd tha sinn a' labhairt ris *mar gu'm b'e Crìosd a bha labhairt annainn*, ag iarraidh air Dia na nithean a dh' iarradh esan na'n robh e 'n ar n-àite, agus a' sleuchdadh ar toile do Dhia mar rinn esan. Ach cò, a Thighearn, a tha foghainteach chum nan nithean sin? cò is urrainn ùrnuigh mar sin a dheanamh? Chan urrainn ar feòil-ne a dheanamh; is e an Spiorad Naomh a mhàin as urrainn a dheanamh, ach tha Dia a' toirt an Spioraid gun tomhas dhaibhsan a dh' iarras e, agus a *chreideas*.

An uair a lùbas sinn ar glùn ag ùrnuigh, no a bhios sinn a' bruidhinn ri Dia 'n ar cridhe, bu chòir dhuinn ar n-inntinnean a shocruchadh air na nithean a *tha fhios* againn a bu mhaith le *Crìosd* a thoirt dhuinn, chan e idir na nithean a tha sinn cinnteach a bhiodh maith dhuinn, le solus ar reusoin féin. Tha toil agus inntinn Chrìosd iomlan is spioradail, ach tha ar feòil-ne lag agus anfhann. Ach cha bhris esan a' chuile bhrùite, agus far a bheil an inntinn iriosal agus thoileach, teagaisgidh e féin ri ùine an ùrnuigh cheart.

Bithidh e air uairean a' cur ionghnaidh air daoine car son nach 'eil Dia a' freagairt an ùrnuighean, ach is e an t-aobhar nach ann an ainm Chrìosd a rinn iad ùrnuigh idir *ach 'n an ainm féin*. Chleachd iad solus an reusoin; bhruidhinn iad ri Dia mar nach robh iad ag iarraidh air ach beagan cuideachaidh no comhairle, ach is e bu deireadh dha sin, gu'n d' iarr iad nithean féineil, nithean nach deanadh feum air bith do rioghachd Dhe no do aobhar na diadhaidheachd air thalamh; ged dh' fhaodadh iad toil agus uabhar na feòla a thoileachadh

"*Dearbhaibh mi nis leis an ni so, tha Tighearn nan sluagh ag ràdh, mur fosgail mi dhuibh uinneagan nan nèamh, a dhòrtadh a mach bean-nachd oirbh gus nach bi àite ann 'g a chumail.*" (MAL. iii. 10).

Ann's a' Chathair

MA chual thu riamh, a leughadair, an laoidh so air a seinn ris an fhonn *Stracathro* leis a' Choisir-Chiùil *Orpheus* an Glaschu, chual thu rud a tha mi cinnteach nach dichuimhnich thu gu bràth.

O gu bhì 'g imeachd dlùth do Dhia,
Le sàmchair nèimh am chridh'!
O gu'n robh m' astar dealrach réidh
Gach ceum a dh' ionnsuidh Chrìosd!

Cia mór an t-sìth a shealbhaich mi!
Cuimhnicheam i gu sìor!
Ach dh' fhàg i 'm anam falmhachd gheur,
An saogh'l gu léir nach lìon.

O pill, a Chalmain Naoimh, a ris,
Ard-theachdaire na sìth;
Mo thruaigh am peacadh 'chuir ort bròn,
'S a dh' fhògair thu o'm chridh'.

An t-iodhol air am mò mo mhiadh,
Ge b' e air bith ciod e,
Cuiream a sìos á t' àit' gu bràth,
'S aoram a mhàin dhuit féin.

An sin bidh m' imeachd dlùth do Dhia
Is sàmhchair nèimh am chridh',
'S bidh m' astar na's ro dhealrach, réidh,
Gach ceum a dh' ionnsuidh Chrìosd.

Tha seòrsa dhaoine ann nach 'eil uair air bith air an gluasad 'n an cridhe le ceòl. Na deanadh na daoine sin uail nach 'eil, oir ma nì, tha iad a' deanamh uail as an amhuinneachd. Is bochd an rud e do dhuine uail a dheanamh a chionn gu bheil cridhe cruaidh no cluas mhaol aige. Bu cho mhaith leam cluas fhada ri cluas mhaol.

An uair a bha an Co-chruinneachach Mór ann an Glaschu o chionn bhliadhnachan, mu chraobh-sgaoileadh an t-soisgeil anns na dùthchannan thall, bha a' *Cho-Sheirm Alleluia* air a seinn le coisir-chiùil ann an robh tri cheud gu leth guth. Bha an rud cho maiseach agus cho drùidhteach 's gu'n d' fhàg e sinn balbh. B' e am fear nach maireann, Dòmhnall Friseal, a bha anns a' chathair, ach an àite gairm air an fhear a bha dol a labhairt an uair a chrìochnaich iad a' *Cho-Sheirm Alleluia*, thubhairt e, "*Seinnidh sinn laoidh gus an tig sinn thugainn féin, agus an sin labraidh A—ruim.*"

Bha ministear a b' aithne dhomh gu maith 'n a shuidhe làimh rium (cha b' ann do'n eaglais againne a bhuineadh e). Cha do rinn e uiread agus éirigh 'n a sheasamh an uair a bha an t-seirbhis mholaigh ud ag éirigh suas o'n talamh gu Dia, ach an uair a shuidh sinn, thionndaidh e rium-sa agus thubhairt e gu magail, *An abair sibh aoradh ri leithid so ann an eaglais na h-Alba?* Thìomaich an t-seinn mo chridhe fhéin, air chor agus nach robh mi a' smuaineachadh no sealltuinn air an fhear a bha làimh rium; mar sin thàinig am facal a thubhairt e orm gu'n fhios domh, is cha robh freagradh agam dha ach an fhirinn lom, "*Abraidh.*"

Bha an laoidh so air a sgrìobhadh am Beurla leis a' bhàrd mhaith, Uilleam Cowper, agus air a tionndadh gu Gàidhlig leis an Ollamh, A. K. Mac Calum. Tha seachd de laoidhean Uilleam Cowper anns an leabhar-laoidh ùr a tha nìs air uisneachadh an eaglais na h-Alba le coimhthionairean na Beurla

O m'anam cluinn-sa guth do Dhe
An dòighean diomhair gluaisidh Dia
Iosa, ge b' e àite an coinnich
O gu bhì 'g imeachd dlùth do Dhia
Ri àm thig solus nuas o Dhia
Tha anail bheò an Spioraid Naoimh
Tha tobar ann 's e làn do dh' fhuil

An uair is toigh leam laoidh, tha e 'n a thoil-eachadh leam fhios a bhi agam gu robh i air a sgrìobhadh le duine grinn. Tha iomadh duine maith agus duine diadhaidh a bhios a' deanamh laoidhean nach 'eil 'n an daoine grinn. Ach bha Uilleam Cowper 'n a dhuine grinn a thuilleadh air a bhi 'n a dhuine diadhaidh. Gun teagamh bha sgoath de sheilleanan 'n a bhoinneid, ach cha do rinn sin cron air neach eile, is bha tomhas mòr de spiorad na carthannachd 'n a chridhe.

Bha e gaolach air peatachan, agus air uairean bha peatachan neònach aige, creutairean nach saoilleadh tu gu'n gabhadh iad peatachan a dheanamh dhiubh. Ach ma gheibh thu greim orra tràth gu leòr, m'an d' ionnsaich iad dòighean an t-saoghail, théid agad air na creutairean as fiadhaiche a dheanamh càllaidh gun dragh air bith. Agus eadhon an déidh dhaibh droch dhòighean an t-saoghail ionnsachadh, agus droch dhòighean mhic an duine gu sònruichte, théid agad air creutairean na machrach agus na coille a tharruing ort le coibhneas. Anns an t-seadh so bheir coibhneas agus faighidinn agus ciùine a mach toradh sìochail na fireantachd a cheart cho cinnteach 's a bheir iad a mach e ann an dòigh eile.

Bha maigheach beag, trì mìosan a dh' aois, aig clann coimhearsnaich dha, ach cha robh iad 'g a bhìadhadh gu ceart, is thòisich e air searg agus air fàs caol. Chunnaic an athair gu robh a chlann a' fàs sgith de'n mhaigheach, is dh' iarr e orra a thoirt do Uilleam Cowper.

Cha b' fhada gus an do sgaoil an naidheachd air feadh na dùthcha, am peata neònach a bha aig a' bhàrd, is thòisich coimhearsnaich eile air maighich a thairgsinn dha gus mu dheireadh am faodadh e baile-fearainn a' stocachadh leò, na'n toilleachadh e.

Ach cha do ghléidh e ach trì; Puss, Cairistiona, agus Ealasaid. Thàinig 'am bàs air Ealasaid tràth, m'an gann a bha i aig a làn-fhàs, ach bha i 'n a creutair sunndach aighearach. Bha Cairistiona beò gus an robh i naoi bliadhna, ach cha robh i cho companta no cho cuideachdail ri càch. Cha robh cur-a-mach idir innte, no dibhearsoin; bha i làn de dhroch amharus agus anabarrach dùr, dà dhroch rud ann an duine no ann am beathach.

B' e Puss roghainn a' bhàird, oir bha i làn de fhearas-chuideachd. Spionadh i fhalt air ghaol a bhi mireag ris. Bha i aon uair bochd, is theab e a call, ach leis a' chùram a ghabh e dhi a là 's a dh' oidheche, thug e o'n bhàs i. An uair a chaidh i na b' fheàrr bha i na bu ghaolaiche air na bha i roimhe, is bha e cinnteach gu robh i a' feuchainn ri a taingalachd a leigeil fhaicinn dha; dh' imlicheadh i a làmh gu càirdeil, an toiseach a cùl, an sin a bhois, an sin a mheòir, agus a ris eadar nam

meuran, rud nach do rinn i riamh roimhe no 'n a dhéidh ach aon uair eile a bha i bochd.

An uair a bhàsaich Cairistiona rinn Uilleam Cowper marbhrann dhi, ann am Beurla agus ann an Laideann.

Bha e 'n a bhàrd maith. B' fheàrr leam aon oidhche a chur seachad le Uilleam Cowper na mìle oidhche leis na bàird nodha anns nach 'eil ceòl no ciall, ged bhios iad a' seasamh air an cinn agus ag ospagaich.

Chan aithne dhomh bàrd Beurla eile a tha

cho furasda a thionndadh gu Gàidhlig ri Uilleam Cowper. Thionndaidh *Caraid nan Gàidheal* Iain Gilpin gu Gàidhlig, is tha e a' sealltuinn glé mhaith ann an deise Ghàidhealach.

Na'n tionndadh cuid de luchd-leughaidh nan duilleagan so Laoidh 197 anns an leabhar-laoidh ùr gu Gàidhlig (*The Spirit breathes upon the Word*), agus na'n cuireadh iad thugam i, bheirinn duais do'n obair a b' fheàrr leam, is bheirinn àite dhi anns an Leabhar Ghorm.

Annas a' Choille Bheithe

AIR feasgar àillidh foghair choinnich ADòmhnull Camshron agus Màiri Fhriseal ann an Coille Obriachan, a dh' fhàgail beannaichd aig a chéile. Bha gealladh-pòsaidh eatorra, ach bha am pòsadh air a chur air ais, oir bha na finneachan Gàidhealach air éirigh leis a' Phrionnsa!

Bha camadh eile 'n an crannchur cuideachd, oir bha athair Dhòmhnull air taobh Thearlaich is athair Màiri 'n a aghaidh, agus mar sin b' fheadar do'n chàraid òig an leannanachd a dheanamh gun fhios d' am pàrantan, ged bha là ann a bha am pàrantan glé mhòr aig a chéile. Ach is beag aig a' ghaol toirmeasg nam bodach; gun chead am pàrantan iarraidh choinnich Dòmhnull agus Màiri ann an Coille Obriachan.

Cha ruigear a leas innseadh ciod a thubhairt iad ri chéile air an fheasgar ud; sin seann sgeul is sgeul ùr a thuigeas daoine gun a h-innseadh, ach an uair a bha iad a' dealachadh, thug Dòmhnull do Mhàiri badan de fhraoch geal.

“Gléidh so,” arsa e, “mar fhianuis air mo ghaol ort, gaol a mhaireas gu bàs agus na's fhaide, is geall gu'm bi thu dileas dhomh.”

Gheall Màiri gu'm bitheadh, is chuir i am badan fraoich gu mùirneach 'na broilleach.

“Tha mi,” arsa Dòmhnull, “a' gleidheadh a' bhadaid so dhomh fhéin mar fhianuis air do ghaol-sa,” agus mar sin dhealaich iad.

Thill Màiri dhachaidh do thigh a h-athar, agus am màireach dh' fhalbh Dòmhnull do Chille Chuimein a choinneachadh feachd a' Phrionnsa. Cha bhuin e do'n naidheachd so innseadh ciod a thachair do'n Phrionnsa agus do'n arm, an uair a thòisich an cogadh. Bha iomadh latha m' an cuala Màiri dad idir, ach mu dheireadh chualas an Ionar-Nis gu robh an dà arm a' tarraing dlùth air a chéile.

Choinnich iad air sliabh Chùil-fhodair; gun mhóran d'a dhaoine féin a chall chuir Cumberland agus an t-arm Sasunnach ratreut

air na finneachan Gàidhealach. Shaoil Màiri gu robh i a' cluinntinn fuaim nan gunnathan, agus i 'n a seasamh aig ceann an tighe, gun fhios aice ciamar a bha an cath a' dol, ach ann an ciaradh an fheasgair chunnacas bannal an déidh bannail de na saighdearan Gàidhealach a' teicheadh cho luath 's a dheanadh an casan e, ri taobh an Loch Abar agus an aghaidh air Loch Abar, mar gu'm biodh ann maighich is coin as an déidh.

Leis a bheagan analach a bha aige dh' innis fear dhiubh sin do Mhàiri gu robh arm a' Phrionnsa air a bhriseadh agus air a sgapadh; gu robh na mìltean 'n an sineadh marbh air an raon, agus nach gabhadh dad deanamh ach gach bèò a bhi sealltuinn air a shon féin.

Sheas Màiri ri taobh an rathaid, a' geur-amharc air gach duine a bha dol seachad, a dh' fheuchainn am faiceadh i Dòmhnull Camshron, agus an cridhe gu leum aisde le eagal is iomguin. Ach chan fhaca i Dòmhnull, agus cha mhò a fhuair i sgeul air. An ceann greis thòisich an t-arm Sasunnach air dol seachad, air sàil na feadhnaich a bha iad a' ruagadh; an uair a chunnaic i na saighdearan dearga theich i, is ghlas i fhéin 'n a seòmar.

Cha do chaidil i an oidhche sin. Chuir i seachad an oidhche 'n a suidhe aig an uinneig a' caoineadh.

Greis m'an do shoilleirich an là chual i gliograich air an uinneig mar gu'm biodh làn-an-duirn de ghreabhall air a thilgeadh oirre; an uair a thog i an uinneig chunnaic i fear de dhaoine a' Phrionnsa a' sméideadh oirre.

Thilg i clèoca timchioll oirre is chaidh i far an robh e, ach b'e sud an sealladh déistinneach; bha an duine air a leòn gu dona; bha aodach làn fala, neapaicin air a cheangal m'a cheann, té d'a làmhan an slaodadh ris gun fheum, agus e air chrith le fuachd is fannachd.

Dh' innis e nach d' fhàgadh d'a chompanaich ach e fhéin agus fear eile; gu'n d' fheuch iad ris a' bhaile a thoirt a mach, far an robh nighean

peathar dha a chuireadh am foluch iad, ach air dheireadh thall gu'n d' thug a chompanach thairis, agus e air a dhroch leòn. " Dh' iarr e orm-sa mar fhàbhar, na'n gabhadh e idir deanamh dhomh," ars' esan, " dol gu tigh sònruichte agus an sporan so a thoirt do nighean an tìge." " Ma's tusa," ars' esan, " Màiri Fhriseal, so dhuit an sporan a thug Dòmhnall Camshron, mo chompanach dhòmhsa."

Chesnaich Màiri an saighdear mu Dhòmhnall, ach cha b' urrainn e dòchas air bith uime a thoirt dhi. Thubhairt e gu'n do dhùin e fhéin a shùilean m'an do dhealaich e ris, agus gu robh e cinnteach nach robh e a nis beò.

Theab cridhe Màiri sgàineadh an uair a fhuair i an sgeul bhrònach, agus a fhuair i am badan fraoich anns an sporan, comharradh gu robh a leannan dileas dhi gu bàs. Ach ged bha leòn 'na cridhe fhéin cha do rinn i moille air creuchdan an t-saighdeir a ghlanadh, agus biadh is deoch a thoirt dha. Bha e an impis a bhì ullamh, ach ged bha e cunnartach dhì gabhail roimhe no aoigheachd a thoirt dha (air eagal nan saighdearan dearga, agus air eagal a h-athar cuideachd) thug i fhéin agus té de na searbhantan a steach e, agus ghléidh iad am folach e seachd seachduinnean, 'g a eiridinn gu caomhail gus an deachaidh e na b' fheàrr.

* * * * *

Chaidh bliadhnanach seachad. Leag iomadh suirgheach a shùil air Màiri Fhriseil, oir cha robh a seis air bhòidheadh an Siorramachd Ionar Nis, agus cha bu mhò a bhòidheadh na a banalachd. Ach cha robh ann dhaibh ach saothair dhiomhain; cha sealladh i air gin dhiubh; bha an sporan anns an robh am badan fraoich 'n a broilleach 's an là agus fo cluais 's an oidhche. 'N a dùsgadh agus 'n a cadal b'e Dòmhnall Camshron a h-ionndrainn.

Bha aon fhear gu sònruichte a bha diorrasach os cionn chaich, mac an tìghearn leis am bu leis an oighreachd air an robh a h-athair. Dh' fheuch esan ri gaol Màiri a chosnadh air gach dòigh a b' aithne dha, ach ged bha i daonnan sìobhalta gu leòr ris cha ghabhadh i gnothuch ris.

Mu dheireadh chuir so farran is fearg air an oighre òg, is dh' atharraich e port; bho bhòidean-gaol agus bho bhriathran mìnne blàth thionndaidh e gu maoidheadh is mallachdan.

Air dhòigh air chor-eigin fhuair e a mach gu'n d' thug i aoidheachd do fhear de na reubalaich, is mhaoidh e oirre nach robh aige ach cagar a chur an cluais an luchd-riaghlaidh agus gu'm biodh a h-athair air a chur anns a' phrìosan agus a thigh agus fhearann air an toirt bhuaith.

Bha Màiri bhochd eadar a' bhaobh 's a bhuarach, oir bha a h-athair agus a màthair an sàs innte gun sgur, ag iarraidh oirre an t-oighre a phòsadh. Mu dheireadh chaill an t-oighre òg fhaighidinn is fhuair e a h-athair a chur do'n phrìosan. Bha spiorad Màiri air a bhriseadh gu buileach; bha i coma cìod a dh' eireadh dhi a nis, agus air chùmhanta gu'm faigheadh a h-athair a shaorsa, agus gu'n leigtheadh leis a làithean a chrìochnachadh air an fhearann agus anns an tìgh anns an do rugadh e, dh' aontaich i an t-oighre a phòsadh.

* * * * *

Thàinig oidhche an réiteachaidh. Bha ceòl is aighear gu leòr anns an tìgh an oidhche ud, aig fear-na-bainnse agus a chompanaich, ach cha robh ceòl no aighear an cridhe Màiri. Mu dheireadh sgaol a' chuideachd, is chaidh muinntir an tìghe gu fois.

Anns a' mhaduinn cha d' thàinig Màiri a mach as a seòmar-cadail cho tràth 's a b' àbhaist dhi, ach cha do chuir sin iongantas air an teaghlach, oir shaoil iad nach robh ann ach gu robh i sgìth le aighear is gleadhraich na h-oidhche-raoir. Ach mar bha an là a' dol seachad, agus nach robh i a' tìghinn am follais shealladh a steach d'a seòmar.

Ach cha robh Màiri anns an t-seòmar, is cha mhò a bha a choslas air an leabaidh gu'n do laigh i innte. Anns a' mhionaid thogadh glaoth gu robh i air chall; thionndaidh an t-oighre agus a shluagh uile a mach 'g a siubhal is 'g a h-iarraidh, ach faotainn cha robh air Màiri. Fad seachduin bha iarraidh-bheò is mhairbh aca oirre.

Maduinn thràth a bha fear de bhodaich Obriachan a' dol do Ionar Nis a dh' iarraidh buideal leanna, gheàrr e troimh oisean de'n Choille los an t-slighe a ghiorrachadh. Ann an dubhar na Coille faicear coslas boirionnaich, 'n a suidhe làimh ri stoc craoibhe. Chuir an rud iongantas air, is chaidh e a null far an robh i, ach an uair a sheall e na bu dlùithe chunnaic e gu robh i marbh, agus *badan de fhraoch geal 'n a làimh*.

C'uin, no cìamar, no car son, a chaidh Màiri Fhriseal do Choille Obriachan far an do dhealaich i ris an leannan nach do thill; no c'uin, no cìamar, a thàinig am bàs oirre—sin ceistean nach urrainnear a fhreagairt. Ach theireadh na h-èolaich, gur e ionndrainn a' ghaol a thug do'n Choille i air oidhche an réiteachaidh, agus gu'm b'e am briseadh-cridhe galair a bàis.

* * * * *

Làidir mar am bàs tha an gaol; chan urrainn uisgeachan lionmhor a mhùchadh, agus cha bhàth na tuiltean e.

Cuairt ann am baile Ierusalem

LEIS AN URRAMACH IAIN MAC AONGHUIS, M.A., ANNS A' CHONGHAIL

(Air a leantuinn)

AM measg nan daoine coimheach sin uile, chi sibh a' gluasad air an socair, a' coimhead air gach ni, a' giùlan *camera* anns an aon làimh agus leabhar-iùil anns an làimh eile, ar càirdean fhéin, na Breutannaich agus na h-Americanach. Tha iad anns a' bhaile air son beagan làithean agus tha iad air son gach ni agus gach àite fhaicinn agus a thadhal. Tha marsantan Ierusalem dearbhta gu bheil iad uile làn airgid, agus iarraidh iad trì prisean air son an goireasan. Ach chan 'eil an t-airgiod cho pailt aig an luchd-turuis sin an diugh.

Thadhail mi eaglais na h-Uaighe Naomha. Is e sin an eaglais Chrìosduidh as sine ann an Ierusalem. Tha beul-aithris ag innseadh gu bheil i air a togail air a' cheart àite anns an do cheusadh an Tighearna. Seallaidh sagart Greugach dhuibh toll àraidh ann an creig ann an làr na h-eaglais, agus canaidh e gur e sud an toll anns an deachaidh bun a' chroinn-cheusaidh a chur, 'nuair a thogadh Iosa eadar talamh agus nèamh. Is maith dh'fhaoidte gu bheil a' bheul-aithris sin fìor. Cò aige tha brath? Nochdar àite eile dhuibh, an t-àite anns an do sheas Muire, màthair an Tighearna, ag amharc air a mac 'nuair a bha e a' fulang air a' chrann. Tha iomhaigh na h-Oighe air a càradh anns an àite sin. Tha i air a cumail ann an cèis ghloinne. Beagan bhliadhnaichean air ais, roimh àm a' chogaidh, thòisich daoine air tiodhlacan prìseil a thoirt seachad do 'n iomhaigh so; clachan luachmhor dhe gach seòrsa, agus slabhruidhean agus paidireanan òir. An diugh tha luach còrr is dà mhuillein punnd Sasunnach an crochadh timchioll air iomhaigh na h-Oighe. Mar a thubhairt mi chan 'eil ach cèis ghloinne eadar na clachan prìseil sin agus luchd-tadhail na h-eaglais, ach cha do chuala mi gu robh meirle riamh ann. Tha an eaglais air a roinn eadar còig aidmheilean. Tha a h-earrann fhéin de 'n làr agus de mhullach na h-eaglais aig gach aidmheil. 'S e na còig aidmheilean sin, na Ròmanaich, na Greugaich, na Etiopianich, na h-Armenianaich, agus na Sirianich. Tha aig gach buidheann an cuid fhéin de 'n eaglais a ghlanadh agus a chumail ann an òrdugh.

Feumar aideachadh nach robh sith agus coibhneas-gràidh a' rìgheachadh eatorra gu bitheanta. Ri linn nan Turcach, is e sin air son ceudan bliadhna suas gu àm a' Chogaidh, bhiodh geàrd de shaighdearan Mhohametanach air am postadh anns an eaglais gach latha air son sith a chumail eadar na Crìosduidhean. Agus tha e air aithris, gu'n do ruig an aimhreit gu dòrtadh fala air uairibh a dh' aindeoin cùram

a' gheard Mhohametaich. Chan ionghnadh ged gheibheadh na Turcach droch bharrail air a' chreideamh Chrìosduidh 'nuair a chitheadh iad a leithid sin de mhasladh.

Chaidh mi aon latha a dh' amharc air làrach an t-seann Teampull. Chan 'eil ni dheth r'a fhaicinn an diugh. Tha *mosque* mòr Mohametanach air a thogail air an àite. Agus tha am *mosque* sin glé ainmeil ann measg sliochd Mhohamet, oir tha e air aithris gu'n robh am "Fàidh," 'n a sheasamh air creig anns an dearbh àite so, a' marcachd air each bàn, nuair a ghlacadh suas gu nèamh e, eadhon mar a thachair do Elias. Ach cha di-chuimhnich na h-Iudhaich gu bràth gur e so an t-àite anns an do thog Solamh a' cheud Theampull chum glòir Dhè Israeil; gur e so an t-àite anns an robh sagairt Israel a' deanamh iobairt gach latha agus eadar-ghuidhe air son pobull taghta Dhe. "Feuch," arsa fear de na deisciobuill ri Iosa, "A Mhaighstir? ciod e a' ghné chlach so, agus ciod e a' ghné aitreabh so?" Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, Am faic thu an aitreabh mhór so? Chan fhàgar clach air muin cloiche, nach sgarar o chéile." Chaidh na briathran sin a choimhlionadh gu mion-aideach. Shiubhail an Teampull, an aitreabh mhór a bha a' cur ionghnadh air iasgairean Ghalile. Agus an diugh chan 'eil fhios aig neach sam bith e' àite an robh an "t-ionad ro-naomh," far an robh àire an fhianuis air a cumail. Cha robh e ceadaichte do neach sam bith ach an t-àrd shagart, uair 's a' bhliadhna, cas a leagail air ùrlar na h-ionad naomha. Agus mar sin, chaidh innseadh dhomh gu'n deachaidh am Morair Rothschild, 'nuair a bha e a' tadhal làrach an Teampull, a ghiulan air guaillibh sheirbhiseach Chrìosduidh no Mhohametanach. B'e Iudhach dìleas a bha ann-san agus bha eagal air gu'm biodh e' coiseachd air "an àite ro-naomh" gun fhios dha.

Buinidh an grunnid uile do na Mohametaich an diugh. Agus tha balla àrd timchioll air. Tha am balla sin anns an dearbh làrach anns an robh balla cùirt-a-mach an Teampull ri linn Heroid. Ann an aon àite, air an taobh an Iar, tha am balla fhathast dìreach mar a bha e an làithean an rìgh sin. Mothaichidh sibh gu bheil na clachan anns a' bhad so mòran na 's tomadaiche na anns a' chuid eile de'n bhalla. Tha air na clachan mòra sin fhathast lorg an t-snaidhidh a rinn geilbean clachairean Heroid. Chi sibh na clachan sin an diugh mar a chunnaic an Tighearna agus a dheisciobuill iad. Is e so "Balla a' ghuil" (*Wailing Wall*). Ciantan air ais, fo làmh-riaghlaidh nan Turcach, bhuin-

nig na h-Iudhaich a chòir a bhì a' gul agus a' deanamh tuireadh an so air son an léir-sgrìos a thuit air tigh Israeil. Uair sam bith de'n latha a théid sibh do'n bhalla sin, chì sibh sreath Iudhach, le'n leabhraichean-ùrnuigh 'n an làimh ag ùrnuigh ri Dia. "Pill sinn, a Dhe, agus thoir air do ghnùis dealrachadh agus saorar sinn. A Thighearna Dhe nan slogh, cia fhad a bhios fearg ort ri ùrnuigh do shluaigh?" Mar a chunnaic mise iad bha iad 'n an seasamh 'n an sreath aon-fhillte agus an aodainn ris a' bhalla, gach fear agus té is a leabhar 'n an làimh. Cha robh fuaim ri chluinntinn ach mommhar iosal nan ùrnuighean. Ged bha gnùisean nan daoine tursach gu leòr, cha chluinntte osna no gul. Agus chuir sin caran ionghnaidh orm, ach fhad 's a bha mi ag amharc, ghlac mo shùil aon fhear aig ceann na sreath. Duine dùmhail pearsanta, agus feusag bheag bhiorach air, air a chòmhdach ann an deise ghlas-dhorcha, agus ad bhog ghlas air a cheann. Na'm faicheadh

sibh e 'n a shuidhe aig dasc ann an oifis no aig ceann bùtha airneis-tighe ann an Glaschu, cha chuireadh e ioghnadh sam bith oirbh. Chunnaic sibh a mhac-samhail iomadh uair. Dhùin e a leabhar, agus thòisich a ghuaillcan agus a bhodhaig uile air glusad 's air crathadh. Bha na deòir a' sruthadh sìos air a ghruaidhean agus thog e a ghuth ann an caoineadh. Cha do thionndaidh a chompanaich eadhon an cinn. Bha a leithid sud de bhròn ro chumanta. "Am fion-lios a shuidhich do dheas-làimh agus am meanglan a neartaich thu dhuit féin, loisgeadh i le teine, ghearradh sìos i." Is e sin an aon chòir a tha aig clann Israel an diugh ann an ionad naomh an aithrichean, gu faod iad gul air son a' ghlòir a shiubhail. Tha an saoghal a' caochladh ann an iomadh dòigh ach cha dichuimhnich an t-Iudhach. "Agus thug i Ichabod mar ainm air an leanabh, ag ràdh, Dh' fhalbh a' ghlòir o Israel . . . dh' fhalbh a ghlòir o Israel oir ghlacadh àire Dhe."

Fear mo Ghràidh

"Thig, a ghaoth a deas, séid air feadh mo liosa, rachadh faile cùbhraidh a spìosraidh a mach. Thigeadh m' annsachd d'a lios, agus itheadh e a thoradh taitneach."—DÀN SHOLAIMH, iv. 16.

THA mo lios cho tioram cruaidh,
Dh' easbhuidh 'n drùchd bhì tighinn a nuas.
Cha téid faile cùbhraidh uaith,
Gun Fear mo Ghràidh bhì fantuinn ann.

*Co-sheirm—Thig do'm lios-sa Fhir mo Ghràidh,
Thairis air na beanntaibh àrd.
'S bìdh am fhìonaìn tighinn fo bhlàth,
Ma bhios mo Ghràidh-sa fantuinn ann.*

Anns an oidhche dhorch' is fhuair,
Tha an reothadh tighinn a nuas.
'S tha gach craobh a' seargadh suas,
Gun Fear mo Ghràidh bhì fantuinn ann.

O, 's e so a tha 'g am chràdh,
Mì bhì fuadach Fear mo Ghràidh.
Is 'ga chumail mach as àit,
'Nuair b' àill leis bhì ri fantuinn ann.

Na 'n robh fàs ann creideamh 's gràdh,
Sud an spìosraidh leis is feàrr
Thigeadh E a stigh gun dàil,
Is bhiodh E 'n còmhnuidh fantuinn ann.

Séid a nis a' ghaoth á deas,
Thig gu cùin 's gu blàth do m' lios,
Cuir-sa mìlseachd anns a' mheas,
'S bìodh Fear mo Ghràidh a' fantuinn ann.

LE DIORBHAIL URCHARDAINN

An Acha-do-Dhòmhnùill, Gairbh, an Sioramachd Rois.

Iubile na Saorsa

S EIDIBH, le trompaid chruaidh,
San fhuaim tha aoibhinn, ait,
'Thoir fios mar thaisbean Dia,
Do 'n t-saogh'l a ghràs gu pailt'.
Tha bliadhna Iubilé air teachd;
Pillibh, a pheacaich shaorta, 'steach.

Iosa, ar 'sagart àrd
Le 'bhàs làn réite rinn;
'Luchd-trioblaid, gabhaidh tàmh,
'An Crìosd air feadh gach linn.
Tha bliadhna Iubilé air teachd,
Pillibh, a pheacaich shaorta, 'steach.

Ardaichibh Uan ar Dé,
An t-Uan thug ciont air falbh;
Air slàinte shaoir, troimh 'fhuil,
Gabhadh gach aon neach seilbh.
Tha bliadhna Iubilé air teachd;
Pillibh, a pheacaich shaorta, 'steach.

A bhraighde truagh 'tha 'n sàs,
Làn shaorsa gabhaibh leibh;
Air tèaruinteachd gu bràth,
Le Iosa gheibh sibh seilbh.
Tha bliadhna Iubilé air teachd;
Pillibh, a pheacaich shaorta, 'steach.

Sibhse a reic gu faoin
An oighreachd ghlòrmhor shuas,
Gabhaidh a' ghibht air ais,
Gun airgid is gun luach.
Tha bliadhna Iubilé air teachd;
Pillibh, a pheacaich shaorta, 'steach.

Trompaid an t-Soisgeil cluinn—
Deadh sgèul na slàinte saoir!
A chreidmhigh, thigibh dlùth
An làth'r ur Slàn'gheir chaoin.
Tha bliadhna Iubilé air teachd;
Pillibh, a pheacaich shaorta, 'steach.



Na Gàidheil a' Ruith na Réis

LEIS AN URRAMACH CALUM MACLEÒID, M.A., EAGLAIS IAIN KNOX, AN GLASCHU

(Bha an searmon so air a lùbhairt an Oil-thigh Ghlaschu)

“Is maith a ruith sibh; cò bhac sibh o bhi umhal do'n fhìrinn?”—GALAT. v. 7.

IS ann ri Gàidheil a bha so air a labhairt an toiseach. Suas ri trì cheud bliadhna mus d' thàinig Crìosd do'n fheadhail bha gluasad is imrich iomraiteach am measg mór shluagh meadhon na h-Eòrpa. Bu Ghàidheil iad uile. Ghabh sgaoth dhiubh gu siar, do na h-eileanan Breatannach, agus sgaoth eile deas is an ear-dheas gus na ràinig iad cladach is caolas a' Bhosphoruis; agus ghabh iad an t-aiseag an sin a null do'n Asia Bheag, is ghabh iad seilbh air an tìr sin dhaibh fhéin. 'Se daoine calma agus ceannairceach a bha annta, agus bha iad an sin fad ioma linn, a' tighinn bèò 'n an dòigh fhéin gus na chuir an t-Iompaire Romanach, Augustus, iad an ceàrnaidh de'n tìr sin leò fhéin, còig bliadhna fichead roimh theachd Chrìosd. Thugadh Galatia—dùthaich nan Gàidheal—mar ainm air a' chòigeamh sin de'n Asia. Is ann chum nan Gàidheal so a thàinig an t-Abstol leis an t-soisgeul, agus dh' ionnsuidh an do sgrìobh e an litir a tha an so.

Ghabh iad an toiseach gu toileach ri fìrinn an t-soisgeil; ri Iosa Crìosd agus esan air a cheusadh air an son. Fhuair iad ann an Crìosd beatha nuadh, agus saorsa is aoibhneas. Bha iad a' deanamh sior fhàs agus adhartas ann an uaisleachd is an grinneas an Tighearn Iosa. Bha beatha is neart aca agus iad a' deanamh sior adhartas mar neach a' ruith réis. Agus, ars' an t-Abstol riutha, “is maith a ruith sibh agus sibh umhal do'n fhìrinn.”

Ach thàinig coigrich is luchd-teagaisg fhuadain o'n taobh deas 'n am measg, agus thòisich iad iar an tàladh air falbh o shaorsa is o shimplidheachd an t-soisgeil, agus 'g an toirt air ais gu daorsa seana chreudan is chleachdaimean, agus fo bhinn is fo bhàis an lagha. Thòisich na roinnean 'n am measg agus mar a tha dualtach do Ghàidheil thòisich iad air itheadh is air cagnadh a chéile; agus is ann mar so a bha, nuair a chuala an t-Abstol mu'n déidhinn agus a sgrìobh e an litir a tha an so thuca, agus thubhairt e riù; “cò a bhac sibh o bhi umhal do'n fhìrinn?” “Is ionghnadh leam gu'n d' atharraicheadh sibh co luath uaithe-san a ghairm sibh tre ghràs Chrìosd, gu soisgeul eile, ni nach soisgeul idir; ach tha dream àraidh 'g ur buaireadh, le an àill soisgeul Chrìosd a thilgeadh bun os ceann.”

A dhuine, nach saoil mi gur h-ann an dé a bha ann? Sin, ma tha, suidheachadh a' chinn-teagaisg againn: “Is maith a ruith sibh; cò bhac sibh o bhi umhal do'n fhìrinn?”

Limtean an déidh so, thàinig an dearbh shoisgeul dh' ionnsuidh ar n-athraichean, Gàidheil nan eileana so, agus ghabh iad ris air an aon dòigh agus thug e an aon bhuaidh orra. Thàinig Ninian beannaichte aig deireadh na ceithrimh linne agus ghabh Gàidheil an taobh-deas agus an taobh-sear ris an t-soisgeul gu toileach bhuaith agus bho na teachdairean eile a shaothraich maille ris. Sgaoil an deagh sgeul feadh na tìre, bho seachad air crìoch Shasuinn gu fìor cheann-a-tuath Alba. Fhuair an slugh beatha nuadh ann 'an Crìosd agus aoibhneas is saorsa. So adhartas da rìreadh. Is maith a ruith iad agus iad umhal do'n fhìrinn, do Iosa Crìosd agus esan air a cheusadh.

Thàinig Calum-eile caomh agus móran eile leis an dearbh shoisgeul, 's an t-sèathamh linn gu eileanan is taobh-siar na h-Alba, agus tha fhios aig an t-saoghal an di-beatha thug ar n-athraichean dhà-san. Bha iadsan iomraiteach 'n an latha is 'n an linn fhéin; bha agus tha gus an là an diugh. Bha a' bheatha is an gràdh a fhuair ar n-athraichean ann an Crìosd agus esan air a cheusadh air an son cho bèò agus cho blàth agus gu robh iad air an co-éigneachadh a bhi 'ga sgaoileadh feadh na dùthcha, chan ann a mhàin feadh Alba is nan eileanan, ach sìos gu faisg air ceann-a-tuath Shasuinn, agus a rithist tuath gu Iceland, gu cridhe na h-àird-a-tuath, daoine a bha lasadh le gràdh Chrìosd agus a bha air am beathachadh agus air an riaghladh le nithean spioradail. Cha ghleidheadh eadhon na h-eileanan Breatunnach iad, agus iad fo bhuaidh na fìrinn so, Iosa Crìosd agus esan air a cheusadh. Chaidh iad leis an deagh sgeul a null do'n Eòrpa, gu treubhan is fineachan tìr-mór na Roinn-Eòrpa, fìor mhìsionaraidhean an Tìomnaidh Nuaidh: Columan is Gall is Dicuill, agus móran eile.

Tha e air innseadh gu'm biodh Columan is Gall ag iasgach air Loch Chonstansa an Switzerland, agus iad air a thighinn leis an t-soisgeul gu luchd-àiteachaidh na dùthcha sin, agus gu'n tug droch spioradan oidhirp air an sgiur-

sadh a mach as an tìr. Bhiodh Gall, an searmonaiche comasach, ag cur nan lion agus bhiodh Columán, gaisgeach treun an t-soisgeil, a' toirt tìdeachadh dhaibh, agus e ag ùrnuigh 'n a shuidhe an deireadh a' bhàta. Chual e, bha e air a ràdh, droch spiorad na beinne ag éigheach ri droch spiorad an loch: "Feumaidh sinn na lìn aca a' reubadh gus an cuir sinn air falbh as an so iad." Fhreagair droch spiorad an locha: "Cha dean sin feum sam bith, tha am fear so Columan daonnan ag ùrnuigh is ag càradh a lìn, agus daonnan ag càradh a lìn is ag ùrnuigh; chan urrainn dhuinn dad a dheanamh orra. Tha e cho maith dhuinn an t-àite fhàgail aca fhéin"; agus le aón sgriach rinn iad sin is theich iad air falbh far am biodh daoine nach biodh ag ùrnuigh is ag obair agus ag obair is ag ùrnuigh. Is maith a ruith iad sid le cumhachd is gràdh na firinn.

1. *Fhaic thu, matà, an réis a ruith ar n-athraichean air a' Ghàidhealtachd againn fhéin.*

Bho thùs an t-soisgeil 'n am measg bha grinneas spioraid agus aoibhneas cridhe aca, agus sin o'n fhìrinn a tha an so, Iosa agus esan air a cheusadh air an son-san. Bha adhartas is eireachdas na diadhachd orra, agus thug sin àite is inbhe dhaibh an measg mhòran chinneach. So an nì a rinn iomraiteach is cumhachdach iad, a' bheatha spioradail a fhuair iad o chrann-ceusaidh Chrìosd. Bha a' bheatha beò agus blàth 'n an cridhe fhéin, agus mar sin bha saorsa is sòlas aca 'n an anam is 'n an caithe-beatha. Bha a' bheatha so a fhuair iad ann an Crìosd a' ruigsinn air gach nì a bh' amta agus a bhuineadh dhaibh. Chì sinn so gu soilleir le bhì beachdachadh air an t-samhladh a bha iad ag cleachdadh mar cheann-teagaisg ann a bhì searmonachadh gràidh Dhé do pheacaich ann an crann-ceusaidh an t-Slànuigheir bheannaichte. B'e an ceann-teagaisg gu minic a bhiodh aca, leth-bhreac a' chroinn-cheusaidh air a ghearradh an carra cloiche, a' chrois Chéilteach mar a theirear rithe an diugh. Bha cearcall timchioll air làmhnan na croise agus bha an cearcall so 'n a chomharra air siorruidheachd is gràdh neo-chrìochnach Dhe; agus mar a bha a' chrois ag cumail suas a' chearcaill tha crann-ceusaidh Chrìosd ag cumail suas na siorruidheachd. Is e bàs Chrìosd air a' chrann, cridhe is teis-meadhon gràidh neo-chrìochnaicht is siorruidheachd Dhe an t-Athair. Bha meall is cnap air an gearradh agus air am fàgail an sid is an so air làmh is air cois na croise, a' samhlachadh gu'm beil crann-ceusaidh Chrìosd a ruigsinn, agus a chum éifeachd, air an t-saoghal so agus air na saoghail uile agus air uile chruthachadh Dhe. Is ann ann-san agus tre ghràdh-san a dh'

fhoillsich e air a' chrann, a chaidh an cruthachadh, agus a tha iad a nis a' co-sheasamh. Tre 'n chrann-cheusaidh tha a ghràdh agus a chumhachd a ruighinn orra uile. Bha ainmhidhean is eunlaith air an gearradh air a' chrois mar shamhladh gu robh éifeachd is cumhachd gràidh Dhe 's a' chrann-cheusaidh a' ruigsinn air gach creutair. Bha eadhon lusan is craobhan na machrach air an gearradh oirre, mar shamhladh gu bheil gràdh is beatha Dhé a tha againn ann an Crìosd a' ruigsinn eadhon air pòr is lusan na talmhainn. Tha e ann an sin; air ainmhidhean na machrach is air eunlaith an adhair; "Aithnichidh an cat 'nuair a gheibh bean-an-tighe gràs." Bidh coibhneas-gràidh a' chroinn-cheusaidh air a nochdadh ris a' chat, agus ris a' chù agus ri brùid na machrach.

Bhitheadh Coinneach còir, an naomh beannaichte, a' toirt fuigheall a' Chomanachaidh do na h-còim, ag ràdh gu robh còir aca-san cuideachd air gràdh is coibhneas Dhe a tha air fhoillseachadh ann an crann-ceusaidh Chrìosd. Bha, a chàirdean, saorsa is beatha is farsuingeachd 's an fhìrinn so dhaibh-san a bha umhal dhith, mar a bha na teachdairean móra so, agus móran de ar n-athraichean maille riutha. Cò bhac sinne, Gàidheil an là an diugh, agus sinn 'n ar cùis-bhùirt aig an t-saoghal airson ar cuingead is ar bigead, an àite na beatha is na saorsa is na farsuingeachd a bha aca-san tre chrann-ceusaidh Chrìosd. Is maith a ruith ar n-athraichean an réis a chuireadh rompa le bhì umhal do'n fhìrinn ghlòrmhor so.

Ach cha ruig sinn a leas a dhol cho fada air ais. Tha cùmhne againn fhéin agus b' aithne dhuinn daoine—fir is mnathan—a bha sònruichte da rìreadh airson an spioradail-eachd is an gràidh, daoine a bha ag gluasad maille ri Crìosd a bha air a cheusadh, agus a tha a nis beò agus ag àrd-riaghladh os cionn nan uile gu ro naomh, gu ro ghlic, is gu ro chumhachdach; agus bha aoibhneas is gràdh is neart na beatha a bha aca an Crìosd a' toirt sgiathan d'am beatha. B' aithne dhomh fear o chionn àireamh bhliadhnachan, lag 'n a phearsa, anfhann 'n a bhodhaig, agus theireadh tu, gun mhòran chomasan, ach bha e fìor eòlach air Crìosd agus a' tighinn beò ann an tomhais air leth fo bhuaidh na firinne so. Bha e 'n a chleachdadh aige a bhì dol moch is anmoch do'n t-sabhal a dh' ùrnuigh. Là àraidh, agus gun tìneas no nì ceàrr air, thubhairt e ri càch 's an tigh nach b' fhada nis gus an tigeadh an Slànuighear is fear-aghràidh air a thòir. Là no dhà an déidh sin chaidh e 's a' mhaduinn do'n t-sabhal mar a b' àbhaist. Bha e greis mhaith gun tighinn air ais, agus fa dheireadh chaidheas a shealltainn dé bha 'g a chumail. Fhuair eadh air a

dha ghluin e agus an t-anam air falbh dhachaidh maille ri Criosd. Is maith a ruith Aonghas còir.

B' aithne dhomh bean—collainn na huaisleachd is cridhe na féile, té a bha a cridhe air nèamh is a ceann air thalamh—agus fhuair ise beatha shònruichte anns an fhìrinn a tha an so. Bha i 'n a seann aois agus chaidh i feasgar àraidh a mach gu cùl a' bhaile le biadh do na cearcan agus iad an sin air àirigh. A' tilleadh dhachaidh ann an ciaradh an fheasgair shleamhnaich a cas agus thuit i, agus chaidh i ann an nial. Thàinig dithis dhaoine eireachdail, ars' ise, agus i ag innseadh an sgeòil dhombh, thàinig iad agus thog iad mi, agus thug iad leò mi fear air gach taobh dhìom gus na chuir iad air an réidhlean fa chomhair an doruis mi, agus dh' fhàg iad an sin mi. Agus cò bha ann, arsa mise? Cò, a ghràidh, ach dithis ainglean. Bha na nithean spioradail cho dlùth is cho faicsinneach dhi-se agus i cho dearbhtha asda, agus gu robh i làn-chinnteach as a' chùis; agus gu dearbh b' aineolach air nithibh Dhé an neach a theireadh a chaochladh. Is maith a ruith i agus i umhal do'n fhìrinn, fìrinn tearnaidh Dhe ann an crann-ceusaidh Chrìosd.

2. *Seall a nis an réis a tha sinne a' ruith.*

Chan 'eil gainne nach 'eil cothrom againne, ma nì eòlas is fiosrachadh is fòghlum e. Tha sinn a' deanamh ruith anns an nithean sin da rìreadh; tha sinn a' deanamh adhartais ann am beagan eòlais air nithibh talmhaidh is timeil, nithean a tha feumail gun teagamh 'n an àite fhéin. Tha sinn a' deanamh ruith ann an soirbheachadh timeil, adhartas mór da rìreadh an sin. Ach dé mu dhéidhinn na beatha spioradail agus an aoibhneis a tha tighinn bho eòlas beò is pearsanta air Iosa Chrìosd agus esan air a cheusadh 'n ar rùm is 'n ar àite? Chaill sinne, Gàidheil an là an diugh, an sealladh spioradail is an sòlas nèamhaidh a bha an cridhe is an cor ar n-athraichean, co dhiù ann an tomhais mhór. Bha cainnt is ceòl nàdurach dhaibh-san, agus an cridhe ag cur thairis leis an lànachd beatha is an aoibhneis a bha ann an Criosd. Tha sinne, mórán de Ghàidheil an là an diugh, a' smaoin-eachadh ma gabhas sinn an iasad cainnt is ceòl is subhailcean ar n-athraichean gu'm bi sinn mar iadsan. Ach cha bhì gus am faigh sinn an cridhe glan agus an spiorad ceart a fhuair iadsan le bhì gabhail cuing is gràdh an t-Slànuigheir do ar n-anam gus am faigh sinn annsan, agus esan air a cheusadh, spiorad a' ghràidh is a' charthannais.

Nam b'eòl dhuinn thu a'd mbasealachd,
'S na 'm b' aithne dhuinn do luach
'S e sud a bheireadh inntinn dhuinn,
Os cionn an t-saoghail thruaigh.

Gur sona iad a fhuair eòlas ort,
'S le 'n còmhnuich thu gu buan,
'S ann tromhad tha na sòlasan,
Tha 'n tìr na glòire shuas.

Cìod, matà, tha cur bacaidh oirmne nach 'eil sinn a' ruith 's an réis mar a bha iadsan?

3. *Faic a nis an nì a tha 'g ar bacadh.*

Tha àireamh mhór de Ghàidheil an iomadh àite air fàs mì-chùramach mu nithean spioradail. Nì iad bòilich gu leòr mu chreud is mu chràbhadh is mu chreideamh an athraichean. Nì iad càineadh gu leòr air càch a chéile agus air muinntir eile mu aidmheil is mu eaglais, an àite a bhì deanamh luaidh le sòlas cridhe is le dealas gràidh air gach maith a rinn an Tighearna air an anama bochd. Bhac so 's an réis iad agus bacaidh gus an sguir iad dheth. Chaill iadsan—moran dhiubh—subhachas is saorsa is farsuingeachd an Tiomnaidh Nuaidh a bha aig an athraichean; agus tha sin ag cur bacaidh orra 's an réis; fàgaidh e caoile air an anama.

Mar a thubhairt mi, agus mar sheall mi dhuibh, bha gaisge is dànachd gràidh is creidimh aig ar n-athraichean seach gu robh iad an dlùth dhàimh ri Gaisgeach treun nam buadh, agus gu robh lànachd is cumhachd an spioraid aca. Ach an diugh is ann a chuireas sgeul fhuadain an amadain as aineolaiche eagal am beatha air mórán. Théid iad air chrith le nithean gun bhun gun bhàrr mu dhéidhinn àirce Dhe, an àite a bhì làidir gaisgeil ag innseadh 's a cur an céill seasmhachd shiorruidh an Fhacail air an d' fhuair iad eòlas 's an Tighearna Iosa agus esan air a cheusadh. Tha ghealtachd so ag cur bacaidh air na Gàidheil ann a bhì ruith na réis.

Chan e nach 'eil mórán air a chaochladh, fìor shaidhearan Chrìosd, daoine calma ann an gràs an Tighearna, aig a bheil an ceumtoisich 's an réis air cinneach sam bith eile. Ach nach truagh dha rìreadh gu'm bitheadh uidhir fhathast am measg nan Gàidheil de dh' aineòlas is de mhì-chathrannachd is de bheachdan fuadain air Facal Dhe is air fìor bheatha nan gràs 's an anam, ag cur Facal Dhe an neo-thairbh le am beul-aithris fhéin, agus mar as trice gun sin fhéin fìor. Is mór ann bacadh so do ar cinneadh ann a bhì ruith na réis a chuireadh romhainn. "Aithne eile tha mi a' toirt dhuibh," ars' an Slànuighear beannaichte fhéin, "gu'n gràdhaich sibh a chéile; mar a ghràdhaich an t-Athair mise is ann mar sin a ghràdhaich mise sibhse, fanaibh ann am ghràdh-sa."

Tha mi a' labhairt an dràs gu h-àraidh ri Gàidheil a' bhaile-mhóir. Is ann agamsa tha fhios nach 'eil deisciobuil as dìlse is as gaisgeil is as eireachdaile aig an Tighearna

an diugh na cuid de Ghàidheil a' bhaile so. Gheibh sibh iad a' seasamh an aobhair agus 'n am fìor luchd-saothrachaidh 's an fhion-lios. Tha iad lionmhor agus tha iad airidh air an teisteanas as àirde. Ach tha mòran air a chaochladh, na ceudan dhiùbh, aig nach 'eil iomradh air Dia no a thigh anns a' bhaile a tha so. Dé a tha cur bacaidh orra ?

Do ar taobh-ne tha cleachdainnean is dol-mach a' bhaile mhóir gu tric a' tighinn eadar sinn agus an fhìrinn, an fhìrinn a tha againn anns an t-soisgeul. Tha mi a' labhairt ribh-se Gàidheil a' bhaile-mhóir agus Gàidheil nach 'eil 'n an cùis-nàire dhaibh fhein no do dhaoine eile le peacaidhean follaiseach is le mì-stiùrachd; ri daoine ceart is stuama air iomadh dòigh, ach do nach aithne—cuid agaibh co-dhiù—an t-aoibhneas beatha is an t-sàorsa spioraid a tha ann an Iosa Crìosd agus esan air a cheusadh air 'ur son. Dé a tha cur bacaidh oirbh-se ? Ort-fhéin, a dhuine ?

Dé is coireach nach 'eil thu coltach ri t'athraichean anns an ni so ? Tha cuid ann agus ni iad iomradh is fuaim gu leòr mu dhiadhachd an seanar agus mu shòlas spioradail an seanmhar; ach cha chluinn thu guth aca air na rinn Dia dhaibh fhéin, agus air gràdh is subhachais an spioraid 'nam beatha fhéin. Tha, a charaid, an aon tobar as na dh'òl iad-san againne; tha an aon fhìrinn a thug beatha is saorsa dhaibh-san, tha sin againne, Iosa Crìosd agus gràdh Dhe annsan. Cò a chuir bacadh oirbhse gun a bhì umhal do'n fhìrinn ? Chan e cion cothrom. Tha an aon soisgeul agus an aon Dhia againne agus a bha aca-san, ach feumaidh sinn a thuigsinn nach tabhair plaosgan agus nithean fuadain beatha is saorsa is solas anama dhuinn; cha tabhair, ach an fhìrinn a tha' ann an Crìosd, a dh'fhoillsich e 'na bhàs air a' chrann. Cò a bhac sibh, Gàidheil a' bhaile-mhóir, agus Gàidheil an là an diugh ?

4. *Chi sinn a nis an ni a bheir comas ruith na réis dhuinn.*

Feumaidh duine a bhi fallain mus dean e ruith. Feumaidh duine a bhi fuasgailte mus ruith e réis. Feumaidh e eallach is cudthrom sam bith a thilgeil bhuaith. “Uime sin air dhuinne bhi air ar cuairteachadh le neul co mór de fhianuisean cuireamaid dhinn gach cudthrom, agus am peacadh a tha gu furasda ag iadhadh umainn, agus ruitheamaid le foighidinn an réis a chuireadh romhainn.” Ma tha sinn gu bhi ruith gu ceart feumaidh beatha is neart a bhi 's an taobh a stigh, feumaidh is saorsa adhartais bhi againn. Feumaidh cridhe fallain a bhi air ar siubhal. Fhuair ar n-athraichean so ann an Crìosd le bhi tighinn fo bhuaidh na firinne so. Tha esan beò agus bheir e beatha dhuinne ma ghabhas sinn ris mar Shlànuighear is fear-gràidh, bheir e dhuinn an t-aoibhneas is an t-eud diadhaidh agus an cliù a bha aig na Gàidheil o thùs. Bheir e dhuinn so, agus mothachadh air àirde is dòimhne is fad is leud na beatha naoimh a tha ann-san, agus a tha againn 'n ar n-anama is a ruighinn a mach dh'ionnsuidh gach gnìomh is aobhar a tha 'n ar caithe-beatha is 'n ar giùlan. Is maith a ruitheas sinn; carson nach ruitheadh; cò chuireas bacadh oirnn, agus gach ni a tha féumail againn ann an Crìosd an Slànuighear is fear-ar-gràidh. Ruitheamaid mar sin le foighidinn an réis a chuireadh romhainn ag amharc air Iosa, Ceannard is fear-criochnaidh ar creidimh, oir tha gach ni feumail airson tim is siorruidheachd againn ann-san a dh'fhuiling am bàs air son ar peacaidhean, agus a tha nis beò gu siorruidh airson ar fireantachd. Tha agam ann an Crìosd na tha 'namann bochd ag iarraidh,

Is chan abair mi gu siorruidh nach leòr e ;
Tha an t-uisg a' dol 'n a fhion ann; tha mil is bainn' is biadh ann

Tha cridhealas is fialachd is ceòl ann.

Aig an Ard-sheanadh

LEIS AN ÙRRAMACH TÒMAS M. MACCALMAIN, M.A., MINISTER GHLINN EILGE

MAR a bha treubhan Israeil ré iomadh linn a' dol suas gu Ierusalem uair anns a' bhliadhna, tha ministearan agus eildeirean na h-eaglaise againne a' cruinneachadh gach Màigh gu Dun-éideann; agus is e tha fainear dhoibh a' cheart nà a bha anns an amhare aig clann Israeil, teisteanas Israeil a chumail suas agus buidheachas a thoirt do ainm an Tighearna. Is e an t-Ard-sheanadh Pàrlamaid na h-Eaglaise Cléireachail, far am bheil gnothaichean air an òrduchadh, cùisean air an réiteachadh, agus riaghailtean ùra air an deanamh. Anns gach Cléir air feadh na h-eaglaise tha trian de na

ministearan, agus aon eildeir fa chomhair gach ministear, air an taghadh gu bhi lionadh àite anns an Ard-sheanadh. Air a' bhliadhna so bha suas ri naoi ceud ministear agus nìbhir eile a dh'eildeirean air an cruinneachadh mar so, agus air an darra latha fichead de'n Mhàigh bha Dun-éideann loma-lan de luchd-eaglaise agus cho trang ri tom-seangain. Mar is cubhaidh, rinneadh tòiseachadh le co-chomunn aoraidh anns an Ard-eaglais far an do luibhair an t-Ollamh Lachlann MacGilleathain MacBhàtair searmon comasach air “Creideamh, Dòchas, agus Gràdh,” na trì nithean air am motha feum

anns a' ghinealach bhuaireasach, lag-chreideach, mhi-thoilichte so. An sin, ann an Talla an Ard-sheanaidh, an déidh ùrnuigh agus Salm C bhi air a sheinn, leig an t-Ollamh MacBhàtair dheth oifig mar Mhoderator, agus thaghadh Moderator ùr, an t-Ollamh P. D. MacThòmais, fear de mhinistearan baile Ghlaschu, gu bhi 'n a fhear-cathrach aig an Ard-sheanadh agus 'n a cheannard air an eaglais air son na bliadhna so. Leughadh litir o'n rìgh, a' leigeil fhaicinn a dheagh-dhùrachd do Eaglais na h-Alba agus a rùn gu bhi 'g a taiceachadh, agus ag ràdh, o nach b'urraim dha fhéin a bhi làthair, gu'n robh e cur Mhgr. Iain Buchan gu bhi lionadh àite. Bha athair Mhgr. Buchan 'n a mhinistear ainmeil ann an Glaschu 'n a latha, agus tha e fhéin cliùiteach mar ùghdar leabhraichean agus 'n a eildeir dhìleas anns an eaglais againn, agus dh'éisid na h-uile le fìor-àire ris na briathran drùidhteach anns an do dh' earalaich e gach aon seasamh gu daingean anns an t-saorsa leis an d'rinn Crìosd saor iad, oir, ars' ean, tha spiorad bréige air dol a mach air feadh an t-saoghail a tha feuchainn ri spioradan agus inntinnean agus eadhon cuirp dhaoine a chuibhreachadh le cuing na daorsa. Mar so rinneadh tòiseachadh aig an Ard-sheanadh, agus o mhaduinn Di-Màirt gu feasgar Diar-daoin air an ath-sheachduin bha suas ri oched uairean de'n uaireadair gach latha air an toirt seachad gu min-rannachadh air cùisean spioradail agus aimsireil na h-eaglaise.

Tha an eaglais againne a' feuchainn mar as fhèarr as urrainn ri òrdugh Chrìosd a choimh-lionadh—"Bithidh sibh 'n ur fianuisibh dhomhsa, araon ann an Ierusalem, agus ann an Iudea uile, agus ann an Samaria, agus, gu iomall na talmhainn." Tha i a' deanamh fianuis air an Tighearn Iosa Crìosd agus a' togail bratach an t-soisgeil anns gach ceàrn d'ar dùthaich féin; tha i a' sìneadh a mach làmh a' chàirdeis ri eaglaisean ann an dùthchannan eile; tha i a' dol air lorg ar luchd-cinnidh a chaidh air imrich thar sàile; is e dùrachd a cridhe agus a h-ùrnuigh ri Dia air son Israeil gu'm bitheadh iad air an teàrnadh; agus gu iomall na talmhainn air feadh gach seòrsa dhaoine tha i a' dol le cuireadh an t-soisgeil. Anns an obair mhòir so tha i a' cleachdadh iomadh meadhoin, a' gabhail a mach gus na rathaidibh móra agus na gàraidhibh agus a' co-èigneachadh nan uile aig am bheil cluas a chluinneas teachd a steach chum gu'm bi tigh Dhe air a lionadh, chum gu'n lionar an talmh le eòlas an Tighearna mar a chòmhdhaicheas na h-uisgeachan aigein na fairege, agus o éirigh na gréine gu ruig a dol fodha gu'm bi ainm-san mór am measg nan cinneach. Agus tha sinn a' toirt buidheachais do Dhia nach 'eil a saothair dìomhain.

Tha an neach a thachras a bhi aig an Ard-

sheanadh air son a' cheud uair a' faighinn fosgladh-sùla air farsuingear agus lionmhoireachd obair iomadh-taobh ^{hach} h-eaglaise. Tha fear an déidh fir ag ^{enigh} agus ag innse mu'n obair shònruichte a tha dol air adhart fo chùram-san. Cluinnear mu euchdan a tha air an deanamh ann an ainm agus cumhachd Chrìosd gu làitheil le aron fir agus mnathan. Air iomadh dòigh air nach 'eil dad de fhios aig mór-shluagh na h-eaglaise tha an deagh-sgeul air a ghiulan am measg gach seòrsa. Le bhi tadhal air an t-sluagh 'n an dachaidhean, 'g am frithealadh anns na tighean-eiridinn, a' leantuinn luchd an iasgaich o phort gu port, o Lerwick mu thuath agus Barraidh gu Yarmouth mu dheas, a' feuchainn ri feum sònruichte gach seòrsa dhaoine a tha fo a cùram a choinneachadh anns an dòigh as freagarraiche; agus chan 'eil eadhon na ceardaidhean fhéin air an dearmad. Air Galdachd agus air Gàidhealtachd tha an eaglais a' tighinn le facal na sìthe, le meadhonan leighis, le stiùireadh do'n t-seachranach agus le càirdeas do'n aonaranach. Tha tighean-fasgaidh aice air son nan daoine gun dachaidh, agus, le iomadh oidhirp tha i a' saothrachadh air leasachadh thoirt do'n mhuintir (agus is lionmhor iad) a tha le cion-oibre a' call am blas air a' bheatha.

Bha aon ni gu sònruichte a thugadh fa chomhair an Ard-sheanaidh, agus b'e sin gu'm feumar deich thar fhichead eaglaisean ùra a thogail an Alba cho luath agus as urrainn. Ann an Glaschu, Dun-éideann, Dun-dèagh, Obar-eadhain, agus bailtean eile, tha na mìltean de thighean ùra 'g an togail air oir nam bailtean sin, agus ma tha an Stàid a' cosg muillionan airgid air na tighean ùra sin, tha e mar fhiachaibh air an eaglais tighean-aoraidh a thogail 'n an teas-meadhon chum gu'm bi cothrom air-leth aig an luchd-còmhnuidh air àite fhéin thoirt do Dhia 'n am beatha. Tha an eaglais againne ag iarraidh gu'm bi naoi fichead mìle punnd (£180,000) air a chruinneachadh ann an trì bliadhna air son na h-oibre so; trì fichead mìle gach bliadhna. Chruinneachadh còrr agus leth-cheud mìle air a' bhliadhna so cheana, agus tha e mar fhiachaibh air gach coimhthional agus gach neach fa-leth cuideachadh air chor-eigin a dheanamh. 'N an tugadh gach aon anns an eaglais seachad aon sgillinn gach seachduin air son bliadhna bhithheadh na naoi fichead mìle punnd air an cruinneachadh agus a chòrr. Chuala sinn o mhinistear òg a tha saothrachadh anns na bailtean ùra sin mu'n bheannachd a tha mu thràth a' leantuinn obair na h-eaglaise anns na ceàrnan sin, far am bheil móran, air dhoibh tighinn a mach o shean tighean truagha an teas-meadhon a' bhaile mhòir, a' feuchainn ri tòiseachadh ùr a dheanamh ann an dachaidhean ùra; agus chan urrainn iad na cothroman ùra

a ghabhail 'n an uije lànachd mur cuidich an eaglais iad gu' s air an Tighearna an Dia. Dh'inns ar ^{Gollamh} Dughall MacPhàrlainn agus an t-Ollamh Ruaraidh MacLeòid gu comasach mu obair na h-eaglaise anns na h-eileanan againn fhein, o Rudha Robhanais gu Ceann Bharraidh.

Ann an dùthchannan eile tha aobhar Dhé air a chumail air adhart gu gaisgeil a dh'aindeoin iomadh bacaidh, ach is e am bacadh as motha, chan e gu'm bheil na cinnich a' dùltadh an t-soisgeil, ach, mar a thuirt Abstol Mòr nan Cinneach, "Cionnus a ghairmeas iad airsan anns nach do chreid iad? agus cionnus a chreideas iad anns an ti air nach cuala iad iomradh? agus cionnus a chluinneas iad gun searmonaiche? agus cionnus a ni iad searmoin, mur cuirear iad?" Chan 'eil na coimhthionalan fhathast a' toirt cuideachaidh mar bu chòir air son searmonaichean a chur a mach gu tìrean céin. Bha e tlachdmhor a bhi faicinn àireamh mhór "Mhissionaries," fir agus boirionnaich, a tha air ùr-thighinn dachaidh air son beagan mhiosan de fhòis agus saorsa, agus a bhi cluinntinn o chuid dhiubh an uidh a tha aca 'n an obair agus mar a tha cùisean a' soirbheachadh leò ann an Africa, anns na h-Innsean, agus ann an China. Ach bha e na bu taitniche buileach a bhi faicinn ochd-deug de mhuinntir òga tha air iad fhéin a chois-rigeadh ri seirbhis Chrìosd, agus a théid a mach a dh'athghearr gu ionadan an saothrach air feadh an t-saoghail. Labhair am Moderator briathran misneachaidh riu, agus ghuidh sinn uile o ar cridhe beannachd Dhe leò.

O chionn bliadhna no dhà bha oidhirp air a dheanamh le cuid anns an eaglais air dreuchd na ministrealachd agus oifig na h-eildeireachd a cheadachadh do na boirionnaich: An uiridh dhiult an t-Ard-sheanadh a' mhinistrealachd fhosglaidh dhoibh, agus air a' bhliadhna so bha e air fhòillsicheadh gu'm bheil a' mhór -chuid de na Cléirean an aghaidh boirionnaich bhi air an deanamh 'n an eildeircan. Mar sin tha a' cheist so air a thilgeil a thaobh, agus cha toir sin bròn do mhóran. Bha ceist eile ann cuid-eachd a bha toirt iomagain do mhóran 'n ar measg, agus b'e sin an co-chomunn a bhàtar a rùnachadh a bhi eadar an eaglais againne agus Eaglais Shasunn. Chaidh a' cheist so mar an ceudna a chur a thaobh ann an dòigh a bheir toileachadh do'n mhór-roinn 'n ar measg. Tha e air a thuigsinn gu'm bheil eadar-dheal-achadh cho mór eadar an dà eaglais, 'n an eachdraidh, 'n an cleachdaidhean, agus 'n an dòighean-riaghlaidh, agus nach urrainn co-cheangal corporra sam bith a bhi eatorra; ach air a shon sin tha sinn an dòchas gu'n lean iad mar chàirdean, a' neartachadh làmhnan a chéile anns an Tighearna.

Thàinig móran de cheistean eile fo aire an

Ard-sheanaidh, agus thugadh breth orra gu cothromach. Chualas gu'm bheil deoch làidir a' call a buaidh thairis air sluaigh na tìre so, ach gu'm bheil uile ùra ag éirigh suas 'n a h-àite. Labhair an t-Ard-sheanadh gu cothromach air taobh coimhead na Sàbaid, agus thugadh achmhasan d'ar luchd-riaghlaidh a bhi na's dilse air son leas a' mhór-shluaigh a tha gun obair. Ach bha aon cheist ann air am bu mhath le móran againn gu'n do nochd an eaglais tre'n Ard-sheanadh barrachd misnich agus carbsa an Dia, agus b'e sin a' cheist co dhiù a dh'fheudas suidheachaidhean a bhi ann anns am bheil cogadh ceadaichte. Cha do leighiseadh fhathast na creuchdan a rinneadh le Cogadh Mòr na Roinn-Eòrpa, agus tha rìoghachdan an t-saoghail glé mhi-chàirdeil aig an am so. Ma leumas iad an uganan a chéile a rithis, cha ghabh a thuigsinn gu dé seòrsa uambais a leigear mu sgaoil am measg dhaoine. Bu mhath leinn mar sin 'n an robh an t-Ard-sheanadh air labhairt gu dian an aghaidh cogaidh de gach seòrsa agus an aghaidh nan cumhachdan a tha feitheamh mar iolairean air son cloasichean dhaoine. Tha innleachdan-bàis 'g an dealbh gach bliadhna, agus théid an ùisneachadh mur an seas na h-eaglaisean uile gu daingean air taobh am Maighistir, Prionnsa na Sìthe. Is e aobhar-gàirdeachais a tha ann gu'n d'thubhairt am Moderator na dhiùlt an t-Ard-sheanadh a radh mu'n chuspair so, agus gu'n do tharruing e ar n-aire ris an t-solus a thig a mach o Shìon àrd agus a dhealraicheas feadh dhùthchannan céin.

Le connspoid is le h-an-ìochd borb

Cha bhuairear linn nan gràs;

Gu speal is coltar ìompaichear

Gach claidheamh 's inneal bàis.

Le nàmh ni's mo cha chasgar nàmh

'S cha bhi 's an àraich caoidh;

Cha chruinnich trompaid slòigh r'a chéil',

'S chan éighear cath a chaoidh.

Is farsuing agus lionmhor obair na h-eaglaise, ach is e stéidh na h-òibre sin an saothair dhileas a tha dol air adhart o latha gu latha anns gach sgìreachd agus coimhthional. Tha aig Eaglais na h-Alba muillion agus cairteal de luchd-comanachaidh, suas ri dà mhìle thar àireamh na bliadhna an uiridh, agus còrr agus ceud mìle thar àireamh Eaglais na h-Alba agus an Eaglais Shaor Aonaichte le chéile ann an 1901. Tha còrr agus trì cheud mìle clann a' frithealadh nan sgoilean-sàbaid, agus tha còrr agus dà mhìle ministear agus ceithir mìle deug thar fhichead a dh'eildeirean 'n ar n-eaglais. Ach chan fhaod sinn bhi air ar mealladh le àireamhnan móra mar sin. Chan 'eil bacadh air an Tighearna saoradh le mòran no le beagan, agus tha móran fhathast r'a dheanamh leis an eaglais mu'n coimhionn i gu h-ìomlan òrdugh a Maighistir. Mar a thuirt an Tighearna ri Pòl mu bhaile aingidh Ephesus,

“Tha mise maille ruit, agus cha toir duine sam bith ionnsuidh ort, chum do chron a dheanamh; oir tha mòr-shluagh agam-sa anns a’ bhaile so.”

Chriochnaich an t-Ard-sheanadh le òraid o’n Mhoderator—briathran drùidhteach agus glie a bu mhath leinn a thigeadh dhachaidh

a dh’ ionnsuidh nan uile—sluagh na tire agus an luchd-riaghlaidh, àrd agus ìosal, bochd agus beartach. Agus an sin, a réir cleachdaidh, cho-dhùin sinn le Salm exxii :

Sior-ghuidhibh do Ierusalem
Sith-shàimh is sonas mór.

An t-Urramach Aonghus Mac Iomhair nach maireann

LEIS AN URRAMACH A. M. MAC PHÀRLAIN, AM BANATH

MAR a thuirt Dòmhnallach na Tòiseach ’n a mharbh-rann air an Urramach S. Mac Dhonnchaidh,

*Tha Bàideanach an diugh fo ghruaim
Tha teachdair’ àluinn air thoirt bhuaith.*

Tha teachdaire urramach air a thoirt bho Ghleann Urchardan ann am pearsa an Urramaich Aonghus Mac Iomhair a ghairmeadh gu fhois shiorruidh air maduinn Di-luain, an t-aona là deug de’n mhìos so chaidh. Dh’ fhàg so bròn anns a’ Ghleann uile far an do shaothraich e fad chòig bliadhna fichead, agus far an robh meas mór air mar dhuine diadhaidh agus mar shoisgeulaiche eudmhor.

Thàinig a’ ghairm air gu seirbhis an t-soisgeil agus e fathast ’n a òganach. Fhuair e a bhreith is àrach am Bac Leòdhais, a bha ainmeil air son teachdairean soisgeulach agus oidean-foghlum barraichte. Bho sgoil na sgrìre chaidh e do Cholaisd nan Ealaidh, an Glaschu, agus eadar na Seiseanan bha e teagasg sgoilean ’s an Lagan agus ’n a mhissonaraidh am Baile Bhòid. An déidh sin chaidh e troimh chùrsa na Diadharachd, an Oil-thigh na h-Eaglais Shaoire an Glaschu fo oideachan-foghlum ainmeil mar bha Bruce, G. Adam-Smith, agus Denny. Dh’ aithnichte blàth an oideachaidh sin ann a mhèineachadh ’s a’ chùbaid air firinnean an Tìomnaidh Nuaidh o’n cheud chainnt; agus mar a roinneadh e cho snasail a bhonn-teagaisg an dòigh a thuigeadh na h-uile, ’s chuireadh e an t-iomlan an rathad ’s an ùraicheadh e na h-airsneulaich, am misneachadh e na h-aircleich, an gluaiseadh e iadsan bha mi-shuimeil, am moladh e a Mhaighstir ann an rathad a thàirngeadh aire

nan uile. Agus tha mi creidsinn gu robh annamna aige mar a dhuaiss.

Mus deachaidh e do Ghleann Urchardan bha e naoi bliadhna thairis air coimhthional Eaglais Aonaichte na Comraich, agus araon ’s a’ Chomraich agus an Gleann Urchardan thug e a sheirbhis gu toileach anns gach deagh obair bha air son maith is leas an t-sluaigh, ach b’ e obair na ministrealachd a shealbhaich aire is fheartan ’s a’ phrìomh àite, moch is annoch.

Tràth ’n a mhinistrealachd sgaoil ainm feadh Ghàidhealtachd is Eileanan mar theachdair foghainteach, air dhòigh ’s gu’n robh e gu tric air a ghairm gu òrduighean faisg air làimh is fada o làimh. Is ann air a rathad gu òrduighean le charaid, an t-Urramach A. D. Caimbeul, an sgrì Manachain Rois, a bhuail a thinneas e gu h-obann an Ionar-Nis, tinneas a thug am bàs ’n a chois ann an dà là.

Gu tric bha e air a chur gu searmonachadh do iasgairan an sgadain, agus faodar a chreidsinn, thaobh àrach ’n am measg, nach ann bu lugha bha e aig an tigh. Aig àm a’ Chogaidh chuireadh leis an Eaglais e gu saothrachadh am measg Navymen Ghàidhlig ann am Plymouth air son beagan sheachduinean.

Bha meas mór aig a cho-theachdairean air thall ’s a bhos. Bha éisdeachd mhór aige ’s a’ Chléir air an robh e dà uair ’n a cheann-suidhe, an toiseach agus an déidh an Aonaidh.

Beagan sheachduinean m’an do chaochaile fhuair a mhac cead-searmonachaidh mar mhinistear òg ann an Eaglais na h-Alba, rud a thug toileachadh mór dha. Tha co-fhaireachadh dìreachdach luchd-eòlais is càirdan a’ dol a mach gus a bhanntrach agus a dhithis mhac.

Bidh cuimhne air an fhìrean gu bràth

Beannachadh-lic

FO iarmailt fharsuing àrd nan reul
Dean uaigh mo chlos is caidream sèimh :
B’ aobhinn bhì beò, ’s caomh crìoch mo réis
’S le deagh-ghean laigheam sìos.

An rann so air leac mo chùirn-sa gearr
Tha e ’n so aig fois far ’m bu mhiann leis tàmh
Tha ’maraiche dhachaidh bho chuan gu tràigh
’S an sealgair bho shiubhal na frith.

(Eadar-theangaichte o’n Bheurla leis an Ollamh Gilleasbuig Dòmhnallach).

Aig an Uinneig

An Ràidheachan Soisgeulach

BA mhaith leam aire ar luchd-leughaidh so, a tha tighinn a mach a nis bho chionn bhliadhnachan. Tha e air a dheasachadh le dithis de'n luchd-teagasg an Collaist na h-Eaglaise Saoire, an Dùn-eideann, an t-Urramach Iain R. Mac Aoidh, D.D., agus an t-Urramach Dòmhnall Mac Gilleathain, D.D., air an cuideachadh le ceithir no còig de sgoilearan eile, an America agus air tìr-mór na Roinn Eòrpa, aig a bheil taobh ri teagasg is beachdan nan seann aithrichean, agus leis am bu mhaith an teagasg sin a dhìon agus a chumail beò. Anns na làithean so tha uiread ghuthan ag éigheach gu h-àrd, ag iarraidh air an Eaglais a creud agus a teagasg atharrachadh a réir bheachdan speuradairean agus luchd-ealadhain, 's gur maith an rud e guthan ciallach a chluinntinn air an taobh eile, a' toirt dearbhachd dhuinn mu na nithean sin ris a bheil na h-eaglaisean Pròstanach agus Cléireachail air an acrachadh. Labhair Dia o shean ris na h-aithrichean le fàidhean, agus le abstoil, agus tre a Mhac; tha am Facal sin agus am Foillseachadh sin againn anns a' Bhiobull; agus is e am Facal sin an solus fìor agus sìorruidh.

Anns an àireamh mu dheireadh de'n *Ràidheachan Shoisgeulach* gheibhear seachas mu na cuspairean so, *An tuil, Soisgeul na Réite, Aiseirigh Chrìosd, Iain Calvin*, agus cumntas leis an fhear-dheasachaidh, an t-Ollamh Dòmhnall Mac Gilleathain, air beatha agus riaghladh na h-eaglais anns an t-seachdamh linn deug, gu sònruichte anns a' Ghàidhealtachd. Bha

na h-amannan ud dorcha; an slugh aineòlach agus gun sgoil, ach a dh' aindeoin gu robh gu leòir de mhinistearan anns an eaglais Athleasaichte nach b' fheàrr dad na na seann sagartan, bha ministearan soisgeulach innte cuideachd, agus fuigheall de dhaoine diadhaidh, air chor agus nach gabh e àicheadh gur e an eaglais Chléireachail an taois a ghoirtich am meall uile ann an Albainn. Bho thùs a tòiseachaidh bha gaol aig an eaglais Chléireachail air an t-soisgeul agus air solus an ionnsachaidh, agus is e an dà thiodhlac sin a rinn Albainn beairteach.

Ministear ùr Bharraidh

Tha ministear air dol do Bharraidh mu dheireadh. Air a' mhìos a chaidh seachad bha an t-Urramach Iain Mac Dhùghaill air a shuidheachadh ann le Cléir Uidhist, oileanach óg a chrìochnaich ionnsachadh an Collaist na Trianaid, an Glaschu, bho chionn ghoirid. Gu ma maith a théid dha 'n a obair anns an sgìreachd iomallach ud, ged nach abair mi gu bheil mi an dòchas gu meal e i cho fada 's a mheal Maighstir Gilleasbuig nach maireann i!

An àm an iasgaich gu sònruichte tha feum mòr air ministear soisgeulach agus ministear èasgaidh a bhì ann am Bàgh a' Chaisteil, is tha mòran dhaoine an Eaglais na h-Alba taingeil a chluinntinn gu bheil Barraidh a' faotainn ministear òg làidir mu dheireadh. Ged nach 'eil mòran de stoc dùthchasach an eilein 'n am Pròstanaich bhithheadh e 'n a nàire mur cuireadh Eaglais na h-Alba ministear thuca.

Dòchas

FAILT ort a Dhòchais, 's caomh do ghuth
'N tràth tha mi annis trom,
'S tu tigh'nn mar aingeal 's àillidh cruth
Chur m'anam bochd am fonn.

'Nuair thùrlinn tuil an léir-sgrìos chruaidh
Le breitheanas do'n daoi,
Thàinig do theachdaireachd le bàigh
Am beul a choluinn chaoimh.

'Nuair thraoigh an tuil gu'n mhosgail thu
Air faicinn dhut 's an speur
Am bogha-frois mar choron gràidh,
Samhl' òirdheire gràs ar De.

Cha d'thàinig caochladh air do neart
No doille air do shùil,
Thar bheam na h-eachdraidh chunnacas leat
Reul lainnreach na h-iùil.

B' aon thusa de'n a choisir naomh
Bu ghòrmhor guth is seirm,
A chuala buachaillan nan treud
Air raontan Bhetlehem.

Is urramach thu 'measg nam feart,
'S tu aon de'n chòmhlan àrd,
Oir fhuair thu inbhe mar bu dual
Le Creideamh agus Gràdh.

'S binn leam do ghealladh 's mi fo sprochd
An làthair Dhe 's a reachd;
"Ge dearg mar sgàrlaid tha do lochd
Is gile bhios na'n sneachd."

'N tràth thig 's an fheasgar sgàil a' bhàis
Bidh thu ri m' thaobh le buaidh
'G am sheòladh chum an dachaidh àird
'S an àros nèamhaidh shuas.

Leis an Ollamh Gilleasbuig Dòmhnallach.



Obair an Spioraid Naoimh

“*Bheir e dhuibh Comhfhurtair eile, a chum gu'm bi e maille ruibh gu bràth.*”—Eoin. xiv. 16.

GED gheibhear am facal *Comhfhurtair* air Guisneachadh cho tric ann an soisgeul Eoin chan 'eil sin a' ciallachadh gur e prìomh obair an Spioraid Naoimh comhfhurtachd a thoirt do chridheachan tìrsach. Tha an Spiorad Naomh gun teagamh a' toirt comhfhurtachd do chridheachan leònte ach tha e a' deanamh mòran eile a thuilleadh air sin.

Tha an earrann so de shoisgeul Eoin air a leughadh cho tric an àm tinneis agus aig tìodhlacadh nam marbh 's gu bheil daoine (gun fhios dhaibh féin) air an daingneachadh uigh ar n-uigh anns a' bheachd gur e obair shònruichte a' Chomhfhurtair so faighidinn is furtachd a thoirt do luchd a' bhròin. Sin roinn d'a obair gun teagamh, ach tha an Spiorad Naomh a' coimhlionadh ministrealachd as farsuinge na sin; ma thig e gu daoine breòite le leigheas fo a sgiathan thig e mar an ceudna gu daoine làidir a thoirt dhaibh claidheimh leis an téid iad a mach a dheanamh còmhraig ris an t-saoghal agus ris an diabhal.

Anns na briathran a labhair Crìosd mu'n Spiorad Naomh a bha teachd do'n t-saoghal cha b'ann air a' chomhfhurtachd a bheireadh e do dhaoine a chuir e cudthrom ach air an t-soillseachadh-inntinn a bheireadh e dhaibh; “teagaisgidh esan dhuibh na h-uile nithe agus cuiridh e an cumhne dhuibh na h-uile nithe a labhair mise ruibh”; “ni e fianuis mu m' thimchioll-sa”; “bheir e dearbh-shoilleir-eachd do'n t-saoghal mu pheacadh, agus mu fhìreantachd, agus mu bhreitheanas.”

Do dhaoine a tha cheana air an socruchadh air an deagainnean chan e fois no comhfhurtachd a tha feumail daibh, ach an-fhois agus crathadh a dhùisgeas as an cadal iad agus a dhearbhas orra am peacadh agus an cionta.

Tha feum aig muinntir an t-saoghail air comhfhurtachd gun teagamh ach tha feum na's mò aca air solus do shùilean dall, air eud diadhaidh do chridheachan meagh-bhlàth, agus air egal breitheanas do choguisean marbh. Sin prìomh obair an Spioraid Naoimh anns an eaglais agus anns an t-saoghal, solus a thoirt do na doill agus beatha a thoirt do na maibh.

(1) *Solus*.—Is spiorad solus an Comhfhurtair, a' soillseachadh inntinn agus coguis an duine anns a bheil e ag oibreachadh; a' nochdadh dha nithean air nach ruig an inntinn nàdurra. Tha iadsan a tha fo theagasg an Spioraid Naoimh a' fàs gach là ann an eòlas spioradail.

Bha eadhon na h-abstoil gu maith fada air an ais ann an tuigse spioradail an uair a dhealaich Crìosd riu, ach an uair a thàinig an Spiorad Naomh thuca mheudaich iad ann an tuigse agus ann an eòlas spioradail gus mu dheireadh am faodteadh guth nan abstol a ghabhail mar fhacal o Dhia. Rèinig Eoin àirde gliocas agus spioradalachd a chuir iongnadh air an t-saoghal, ach cha b'e fuil no feòil a theagaisg no dh' fhoillsich na nithean sin dha ach an Spiorad Naomh. Deich bliadhna fichead an déidh là na Caingis bha a' chuid sin de na h-abstoil a bha beò mòran mòran na bu spioradail 'n an inntinn agus 'n am beachdan na bha iad an uair a bha Crìosd maille riu; fo theagasg an Spioraid dh' fhoillsicheadh dhaibh nithean a bha foluichte bhupa roimh sin; threòraich e iad a steach do'n fhìrinn, is rinn an fhìrinn saor iad.

Tha an Comhfhurtair so, an Spiorad Naomh, a' deanamh ann an daoine eile an diugh fhathast a' cheart ni a rinn e anns na h-abstoil; tha e a' nochdadh dhaibh glòir Chrìosd agus rùintean an Athar. Is e obair an Spioraid Naoimh an sluagh a thagh Dia a thoirt a steach do thìr a' gheallaidh agus an sùilean fhosgladh chum gu'm faic agus gu'n tuig iad maise agus lànachd na h-oighreachd a bhuineas dhaibh ann an Crìosd. Iadsan, ma ta, a chumas iad féin ann an companas an Spioraid Naoimh, gluaisidh iad anns an t-solus, agus fàsaidh an solus a tha aca na's mò agus na's mò gus am faodar a ràdh nach 'eil dorchadas anna.

*Imich 's an t-soills' ! 's ge doirbh do shligh'
Soilleir bidh i mar ghréin ;
Oir Dia, troimh ghràs, ni tàmh ad' chridh',
An Dia is soills' e féin.*

Ach cha dean Dia tàmh ann an cridhe salach. Is e àite a thàimh-san an cridhe glan; agus is e an cridhe glan an cridhe a tha briste le aithreachas ach a tha air a thoirt slàn do Chrìosd ann an gaol. Is e an gaol sin a thilgeas a mach á cridhe mhic an duine na peacaidhean a chuireadh campar air an Spiorad Naomh.

(2) *Cumhachd*.—Is spiorad cumhachd an Comhfhurtair. Neartaichidh e daoine a tha meata gu nàdurra gi bhli 'n an deagh shaighdearan do Iosa Crìosd. Tha e a' seasamh ri taobh sluagh Dhe gu bhli 'g am misneachadh agus 'g am brosnuchadh anns a' chath. Chan

'eil e ceart dhuinn a bhi a' smuaineachadh air mar nach robh ann ach Neach a bhios a' leigheas leòn na feadhach a thuiteas, no a' siabadh dheur air falbh bho aodann na feadhach nach téid idir air adhart ach a shuidheas sios a' caoineadh ri aghaidh a' chatha; is gaisgeach treun an Comhfhurtair, agus is e a phrìomh obair spiorad na gaisgealachd a chur ann an cridheachan chreidmheach chum eagal is gealtachd a chur a mach asda, a chum agus nach bi eagal sam bith orra ach a mhàin eagal Dhe.

"Gheibh sibh cumhachd"; tha eachdraidh na h-eaglais uile gu léir a' dearbhadh gu bheil am facal sin fìor. Roimh là na Caingis chaill na h-abstoil am misneach, is theab iad dealachadh ri chéile, ach an uair a thàinig an Comhfhurtair 'g an ionnsuidh—an gaisgeach ùr—dh' fhalbh an t-eagal is chaidh iad a mach gu neo-sgàthach a shearmonachadh soisgeul na h-aiseirigh, a dh' aindeoin cìod a theireadh Sadusaich no daoine saoghalta. Cha b' ann 'n an neart féin no le an gliocas féin a rinn iad sin ach ann an cumhachd an Spioraid Naoimh. Cha mhò a b' ann le am briathran-san no le an tàlant-an-san a bha na mìltean air an iompachadh ach le cumhachd an Spioraid cheudna. "Car son a tha iongantais oirbh," arsa Peadar, "no car son a tha sibh a' geur-amharc oirne mar gu'm b'ann le ar cumhachd no le ar diadhaidheachd féin a thug sinn air an duine coiseachd."

Cha b'e cumhachd no gliocas nan abstol a

chuir an eaglais air chois, no chuir an saoghal bun os cionn anns a' cheud linn, ach cumhachd an Spioraid Naoimh. "Shuidhich mise," arsa Pol, "dh' uisgich Apollos, ach is e Dia a thug am fàs." Bu mhaith an searmonaiche Mac Cheyne, searmonaiche a bha air a lionadh le cumhachd na diadhaidheachd, ach thubhairt Mac Cheyne nach b' aithne dha 'n a fhiosrachadh uile aon anam a bha air iompachadh le a bhriathran-san; bha iad uile air an dùsgadh le facal air chor-eigin de'n Scriobtur a thàinig thuca le cumhachd an Spioraid Naoimh.

*Tha anail Spiorad Dhe nam feart
'Cur soillse air fhacal naomh.*

Cha bu chòir dhuinn, ma ta, a bhi a' cumhannachadh obair an Spioraid Naoimh, no a bhi saoisinn nach 'eil feum againn air gus an tig là na trioblaid; tha feum againn air gach là d' ar beatha, co dhìu a tha sinn aobhneach no tursach; tha feum againn air anns a' Chogadh Naomh.

A Spiorad Dhe, o chian a ghluais
Air aghaidh dhorch' nan uisge fàs,
Thig 'nuair a bhios ar cridhe fuar,
Is dùisg ar n-aighe suas le d' ghràs.

'Se 's ainm duit Neart is Sìth le chéil'
Cumhachd gun chrich, is Gradh ro naomh;
Do shamhladh doinnion ghang nan speur'
Is tàladh séimh a' chalmain chaoimh.

Na mùchamaid do shoillse ghrinn
Ar n-anma gluais le d'anail chaoimh;
O teagaisg agus treòraich sinn,
A Chomhfhurtair, a Spioraid Naoimh!

Dòmhnul Iain Mhic Dhùghaill

LE AONGHAS MAC EANRUIG

FOIRFEACH eile agus duine còir. Bha e tur eadar-dhealaichte 'n a dhòighean is 'n a bheachdan o Ghill-easbuig Camshron air an tug mi iomradh cheana, ach bha e diadhaidh, stòlda, agus daonnan deònach air cuideachadh le a chòimhearsnach a bhiodh air aisean slàinte no an crannchur.

Bha e mór, foghainteach am pearsa, agus cheannsaicheadh e each cunnartach cho math ri neach a bha anns an sgìreachd. Le crann-treabhaidh no speal, bha e comharraichte air son a sgìl agus a shùird, agus bu tuathanach tuigseach e ann an amharc an déidh chruidh is chaoarach.

Mar a b' àirde dh' éirich e an sonas saoghalta is ann bu dlùithe thàthaich e ris an Eaglais agus ri a h-oidhirpean air rioghachd an t-soluis a dheanamh aithnichte do 'n phobull. Fhuair e a ghintinn is a thogail an Eaglais na h-Alba agus b' ann innte a rinn e follaiseach a mhiann is a thogradh air obair chubhaidh a dheanamh as leth an Fhìr-shaoraidh.

Chaith e na h-uiread de òige air a' Ghall-dachd, a' saothrachadh am measg thuathanach, ach, an uair a bha e fathasd 'n a dhuine òg, thill e gu tìr a dhùthchais. Cha do chuir e cùl ris an fhearann, agus, gu h-ealamh, ghabh 'e baile beag. B' ann an so a thòisich e air e féin a leigeadh ris mar charaid dileas do 'n mhinistear agus do'n chomhthional. An uair a thàinig feum air foirfeach chaidh esan a thaghadh gu h-aon-ghuthach, cha b' ann a chionn gu'n robh e labhar aig connneamhan, ach do bhrìgh gu'n robh e fo dheagh theisteach agus gu'n robh a chridhe uile an Eaglais na h-Alba.

Chaith e mu dheas, e féin 's a theaghlach, an uair a thàinig an fheadhainn bu shine dhiubh gu inbhe oibre. Cha d'fhàg e a dhil-seachd do'n Eaglais 'na dhéidh, agus cha robh e fada air a' Ghalldachd an uair a fhuair-eadh cathair dha air seisean a' chomh-thionail ris an do cheangail e e féin. Dh' éirich gu'n robh beagan iorghaill eadar am ministear

agus cuid de na foirfich mu thimchioll air fear-chur-am-mach nan Salm, a bha sireadh tuillidh ùghdarrais na bhuneadh d'a dhreuchd. Chunnaic Dòmhnall gu grad gu'n robh am pears-eaglais a' fulang ana-cothrom; agus, ged nach bu toigh leis a bhì ro-dhàna is gun ann ach coigreach, thug e gach cuideachadh a bha 'n a chomas do 'n taobh a roghnaich e. Mu'n d'fhàinig ceann sé mìosan, bha sìth agus tommas de charantas eadar a' mhuintir a bha cho fada thar a chéile. Chùm e an "tuath 's an tighearn," agus cha robh neach anns a' chomh-thional a b' àirde am meas na e, oir bha a chaint, a ghiùlan, is aidmheil uile coltach ri chéile.

Cha robh e déidheil air deasbud no cùl-chàineadh; ach, an uair a dh' éireadh shuas air, bheireadh e achmhasan freagarrach do dhream sam bith a labhradh gu suarach mu a chreideamh no mu 'n eaglais do'n d'thug e spéis. Cha robh e an Eaglais Shaoir ach ainneamh riamh, gidheadh cha chluinntte latha 's a' bhliadhna e ag ràdh dha ceàrr mu a timchioll no mu thimchioll a luchd-dreuchd. Thogadh e an ionad 's an robh argumaidean gle mhinig eadar na "Saoir agus na Daoir." ach chuir e a Dhia eadar e agus a leithid de chonaltradh, agus cha do chail ach bhuidhinn e cliù air a thàilleamh sin. Anns a' Ghalldachd lean e an ceart chleachdadh, agus cha chualas riamh gu'n robh e buaireasach am meas mhuintir ris nach b' urrainn dha aontachadh a thaobh beachdan.

B'iomadh gnìomh math a rinn e gun fhios do neach eile agus gun fhiughair ri dioladh no urram an cruth sam bith. An uair a chaochail am boireannach bochd ud a bha fuireach leatha féin, cha robh duine rachadh 'ga cur fo 'n talamh chiomh bha i gun charaid agus bha an t-àm trang. Chuir Dòmhnall gasda—bha e an tréin a neirt aig an àm—each an cairt, thog e a' chiste-laidhe a stigh innte, agus gun duine ach e féin, dh' fhalbh e chum a' chlàidh a bha sé mìle uaith. Le pàigheadh air a shon, fhuair e cuid-eigin a rinn còmhndadh leis anns an tìodhlacadh a ghiùlan am mach. Bha iomadh foirfeach anns a' choimhearsnachd 's an do shiubhail Anna Chalum, ach b' esan 'n a aonar a chun-

naic freagarrach a cumail o làmhan fhìr-nam-bochd 'n a turus deireannach chum na cill. Bòsd no moit cha do nochd e air son a' ghniomh iochdmhoir.

Uair eile, bha aon de theaghlàichean an leth-thìr air am fiosrachadh le fiabhras agus bha an obair-earraich aca air tuiteam fada an déidh-làimhe. Thug air caraid a mach a sheisreach agus thug e dà latha dhaibh air treabhadh, nì a leig gu math air an aghaidh iad, agus cha d'fhuiling iad mórán call.

Thoiream tarruing, cuideachd, air turus anns an do chuir e a gheurad intinn agus a bhuanan spioradail gu deagh bhuil ann a bhì cuideachadh le òganach àraid a bha ag ionnsachadh na ministrealachd. Bha an gille so 's a chrannaig aon latha beagan an déidh dha teachd do'n sgìreachd agus chail e a thapadh cho luath 's a thòisich e air a' cheud ùrnuigh. Thuit e an laigsinn air an ùrlar, agus chaidh Dòmhnall gu grad 'ga thogail. Thug e uisge dha agus chuir e an àite-suidhe socrach e. An sin chum e air an ùrnuigh far an do sguir am fear eile, agus, air a' mhodh cheudna, an t-seirbhis uile gus an d'fhàinig an t-àm gu sgaoleadh. Bha iongantais air an t-sluagh gu'n d'fhuair e air adhart cho math; oir, ged chuala cuid dhiubh e ri ùrnuigh aig tìodhlacadh agus leabathinneis, cha robh fughair aig gin dhiubh gu'n gabhadh e seirbhis fhollaiseach os làimh.

Dh'fhalbh e o cheann fhada air slighe nan uile bheó. Dh'fhàg e cuimhneachain lurach 'n a dhéidh, oir cha mhór do 'm b' aithne e leis nach bu toil e. Bha cliù air feadh na dùthcha uile anns gach àite 's an do rinn e tuineachadh. Bha a bhean agus a theaghlach déidheil air Eaglais na h-Alba. Bha còigear bhraithean aige, agus cha robh gin dhiubh nach robh 'n a fhoirfeach mar a bha e féin.

Leughaidh sinn mu fheadhainn a tha comh-arrichte air son diadhachd, gu h-àraidh a' ghnè sin dhith a tha co-sheasamh an ladarnas cainnte. Ma's e fìor dhiadhachd cobhair a dheanamh air an lag agus neach 'g a chumail féin gun lochd o'n t-saoghal, an sin deiream le dearbhachd gu 'n robh Dòmhnall, mo charaid, airidh air a bhì air a mheas mar fhear aig an robh i am pailteas.

“Molamaid daoine ainmeil”

AM measg nan daoine ainmeil as airidh air Am moladh tha mi a' cunntas Iudas Mac-cabeus; duine a dh' fhaodar a choimeas ri Raibeart Bruce no ri Uilleam Wallace a thaobh gaol-dùthcha, agus ri Cargill no Peden a thaobh eud diadhaidh.

Mu ochd fichead bliadhna roimh theachd Chriosd dh' fheuch an rìgh Greugach, Antiochus

Epiphanes, ri tìr Israeil uile a thoirt fo chis agus an creideamh Iudhach a chur as. Cha robh ann an Antiochus ach diù nam fear. Bha e na b' uaibhriche na Alastair Uaibhreach fhéin, agus cha riaraidheadh rud a bu lugha e na gu 'm biodh an saoghal uile 'na aon iompaireachd, de 'n aon chànan agus de 'n aon chreideamh. Bha fuath aige do na h-Iudhaich, ach bha fuath a bu

nhotha aige do chreideamh nan Iudhach, aoradh Iehobhah; oir chunnaic e gu maith gur e-so a' bhann a bha 'g an cumail daingean is seasmhach mar rioghachd. Bhris e ballachan Ierusalem, loisg e a geatachan, agus thruaill e an teampull; agus los an tuilleadh tàmailt a chur air muinntir a' bhaile chuir e suas Ìomhaigh ann an cùirt an teampuill agus dh' iobair e muc air an altair. Bha cuid de na h-Iudhaich a bha cho tràilleil 's nach do chuir iad 'na aghaidh; air ghaol a bhi air an taobh làidir agus air ghaol buannachd, ghabh iad ri lagh Antiochuis agus lùb iad an glun do na diathan a thug e dhaibh. Ach bha a' mhòr-chuideachd na bu dìlse do chreideamh an aithrichean na gu 'n tréigeadh iad e air òrdugh rìgh no sagairt; b' fheàrr leò am bàs fhulang seach toibheum a thoirt do Iehobhah. Tha e air a ràdh gur ann anns na làithean deuchainneach ud a rinneadh Salm lxxix agus Salm lxxiv.

"A Dhe, thàinig na cinnich a steach do d' oighreachd; thruaill iad do theampull naomh; dh' fhàg iad Ierusalem 'na càrn-aibh. Thug iad cuirp do sheirbhiseach mar bhìadh do eun-laith nan speur, feòil do naomh do fhiadh-bheathaichean na talmhainn. Cuidich leinn, a Dhe ar slàinte."

Geur-leanmhuinn eagallach

Bha saighdearan an rìgh air an cur a mach air feadh na dùthcha, a thoirt air an t-sluagh ìobradh a réir gnàths nan cinneach, agus a chur an sàs na feadhach nach tugadh ùmhlaichd d' a reachd. Bha na sionagogan air an dùnadh, leabhraichean an lagha air an losgadh, agus ainm Iehobhah air a thoirmeasg. Ged bha gairdean feòla na dùthcha cho lag agus nach b' urrainn dhi cuibhrichean Epiphaneis a thilgeil dhith, dhùisg a' gheur-leanmhuinn agus an làmhachas-làidir a bha e 'n deanamh orra spiorad an t-sluaigh; is bha iad deas gu buille a thoirt air son an saorsa agus air son an creidimh, ged b'e am bàs bu deireadh dha. Mar ann an làithean nam breitheamhnan thog Dia suas gaisgeach air an ceann, agus cha luaithe nochd e e féin na bha na ceudan air a chùl.

Ann am baile beag a tha siar air Ierusalem bha sagart diadhaidh d' am b' ainm Mattathias. Bha còignear mhac aige; agus tha e coltach gur h-e cruas nan amannan ud a thug air Ierusalem fhàgail agus fàsadh a ghabhail far am biodh cothrom aige air aoradh a dheanamh do Dhia ann an sìth. Ach bha coin-shiubhail an rìgh air a lorg agus fhuair iad greim air. Dh' fheuch iad an toiseach brosgul ris; thubhairt iad gu robh meas aig an t-sluagh air agus gu 'n tugadh iad géill do òrdugh an rìgh na 'n tugadh esan eisiomplair dhaibh agus na 'n iobradh e a réir gnàths nan cinneach. Fhreagair an sagart gu 'm b' fheàrr leis am bàs seach a làmhachan a

thruaillleadh le h-ìobairtean nan cinneach. Ghabh Iudhach leibideach a bha làthair an cothrom so air gean-maith a chosnadh dha féin o phrionnsa an t-saoghail, is thubhairt e gu tràilleil gu 'n tairgeadh esan an iobairt. Las corruich an t-sagart; bhuail e an t-Iudhach agus teachdaire an rìgh agus mharbh e iad, agus leag e sìos an t-altair. Agus ghlaodh e le guth àrd "Iadsan a tha eudmhor air taobh an Tigh-earna agus leis an àill a lagh a ghleidheadh, leanadh iad mise." Ach ged is e Mattathias a thug gairm do 'n duthaich éirigh an aghaidh an fhir-shàruchaidh is e a mhic a ghiùlain uallach is teas an latha. B'e an earail mu dheireadh a thug e dhaibh:

"Bithibh eudmhor air son an lagha agus thoiribh seachad 'ur beatha air son cùmhnant 'ur n-aithrichean. Cuimhnichibh na gnìomharan a rinn 'ur n-aithrichean 'n an làithean, Abraham, is Ioseph, is Caleb, is Daibhidh, is Elias, is Daniel. Na biodh eagal oirbh roimh bhriathran duine, agus teagaisgeadh na ginealaich a dh' fhalbh dhuibh, nach cuirear gu h-amhluidh neach a chuireas carbsa ann an Dia. Bithibh treun, a mhaca, agus nochdaibh 'ur duinealas air taobh an lagha. Tha fios agam gur duine mo mhac Simeon aig a bheil combairle ghlic; éisdibh ris-san daonnan; bidh e mar athair dhuibh. *Agus a thaobh Iudais, o 'oige bha e làidir is treun: biodh esan 'na cheannard dhuibh agus cuireadh e cath as leth a shluaigh.* Mar sin bheannaich Mattathias a mhic agus thugadh e gu 'aithrichean." (*I Maccab. 2.*)

Còignear Ghaisgeach

Cha mhór theaghlachichean riamh anns an robh còignear mhac cho gaisgeil ri clann Mhathathias, ach ged bha an teaghlach gun diù idir b'e Iudas an roghainn. Rinn iad uile seirbhìs dhìleas d' an dùthaich; a' gabhail na stiùrach fear as déidh fir.

Chunnaic athair gu robh ceann maith is cridhe gaisgeil aig Iudas; is e sin a thug air iarraidh air càch an toiseach a thoirt dha, ged nach b'e bu shine. Bha e 'na shaighdear ainmeil agus 'na chommandair sònruichte, mar a dh' fhaodar a thuigsinn o'n ainm a thug a dhaoine féin air, *an Farachan*, a chionn gu robh a bhuillean cho trom air a naimhdean. Cha robh aige ach àireamh bheag dhaoine, ach uair is uair chuir e ruaig air armailtean nan coimheach.

"'Na ghnìomharan bha e mar leòghann agus mar chuilean leòghainn ag iarraidh còbhar-taich. Rinn e mòran rìghrean doilghiosach agus thug e gairdeachas do Iacob le ghnìomharan; agus bidh ainm beannaichte gu bràth. Chaidh fuaim euchdan air feadh an domhain agus thuit eagail air na rioghachdan mu 'n cuairt."

Ged bha e cho seòlta ri De Uet cha b' ann le seòltachd a fhuair e buaidh daonnan ach le cudthrom is braise nam buillean a bha e toirt seachd. Cha b' aithne dha eagal, agus cha d' thug e riamh a chèul do 'n nàmhaid ged bhiodh fichead duine aca mu choinneamh an aon duine a bha leis-san. Bha an nàmhaid aon uair cho lionmhor agus gu 'n do chomhairlich a dhaoine fein dha gun aghaidh a thoirt dhaibh. Fhreag-air am Farachan,

“Chan ann o lionmhoireachd feachd a thig buaidh an cogadh: ' thig neart o nèamh. Tha sinn a' cogadh a dhion ar beatha is ar laghanan. Uime sin sgriosaidh an Tigh-earna iad, agus air bhur son-sa na biodh eagal oirbh romhpa.”

An leòghann gharg

Chuireadh am blàr, is chuir Iudas agus a dhaoine teicheadh air feachd an rìgh. Uair eile rinn an nàmhaid cho cinnteach gu rachadh an latha leò 's gu'n d' iarr iad air ceannaichean a bhì dlùth chum gu'n reiceadh iad riù mar thràillean na prìsonaich a ghlacadh iad. Ach fhuair iad briseadh-dùil; rinn am Farachan loidairt orra nach d' fhuair iad riamh a leithid. Thàmailtaich e arm Shiria gu buileach, agus ged chuireadh na commandairean a bu sheòlta 'na aghaidh thug e dùlain dhaibh fad shé bliadhna. An uair a chuimhnichear nach e mhàin gu robh uile chumbachd Shiria 'na aghaidh ach mar an ceudna na Philistich, na h-Edomaich, agus na Moabaich, coimhearsnaich aig an robh seann ghamhlas do Israel, feumar aideachadh gu 'm b' airidh Iudas air an ainm a thug iad air, an uair a chum e riutha sé bliadhna. Ach bha feachd Shiria ro lionmhor, agus ged rinn am Farachan tanachadh maith orra bha e na b' fhasa dhaibh-san na bealaich a lionadh na bha e dha-san, agus mu dheireadh fhuair iad a' chuid a b' fheàrr dheth. Anns a' bhàr anns an

do thuit e cha robh aige ach ochd ceud duine ged bha fichead mìle saighdear-coise is dà mhìle saighdear-eich 'na aghaidh. Chomhairlich a dhaoine dha teicheadh ach fhreagair e,

“Nar leigeadh Dia gu 'n deanainn an ni sin no gu'n teichinn romhpa. Ma tha ar n-uair air teachd, rachamaid an coinneamh a' bhàis gu duineil as leth ar dùthcha agus na cuireamaid smal air ar n-onoir.”

Bha am blàr fuilteach; mharbhadh mòran air gach taobh. Mharbhadh Iudas Maccabeus, is theich an t-iarmad beag d'a dhaoine.

“Agus rinn Israel uile caoidh air a shon; rinn iad bròn rè mhòran làithean, ag ràdh, Thuit an duine treun a thug saorsa do Israel. *An déidh a bhàis thòisich na h-aingidh air an cinn a chur a mach ann an uile chriochan Israeil.*”

Ged dh' fhairtlich air Iudas saorsa a chosnadh d'a dhùthaich, no cuing nan cinneach a thilgeadh dhith gu buileach, choisinn e saorsa dhi ann an nithean spioradail agus lean an sluagh ri lagh Mhaois agus ri creideamh an aithrichean. Ghabh fear d'a bhràithrean àite an Fharachain agus lean na Maccabéaich air an aghaidh fad iomadh bliadhna, a' tagradh cothrom is ceartas d' an dùthaich.

Am measg maithean an t-saoghail uile gu léir chan 'eil fear eile as airidh air cliù as àirde na Iudas Maccabéus. Ann an eud foadar a choimeas ri Eiliah no ri Eoin a' Bhaistidh; ann an tréine ri Samson no ri Saul; ann an diadhaidheachd ri Abraham no ri Heseciah; agus ann an gaol-dùthcha ri Gideon no ri Deborah. Cha b' ann air ghaol glòir a chosnadh dha fhéin a dh' éirich e an aghaidh an fhir-shàruachaidh ach air ghaol saorsa a chosnadh d'a dhùthaich agus creideamh nan aithrichean a ghleidheadh gun truaillleadh. Fìor cheatharnach agus fìor dhuinuasal; saighdear treun ann an cogadh naomh.

Ciod a tha maith?

BHOTHISEACH an t-saoghail bha a' cheist so air bilean dhaoine, agus bithidh i air am bilean gu bràth: *Ciod leis an tig sinn an làthair an Ti as àirde?*

Anns na làithean deireannach so agus fo theagasg an t-soisgeil tha fhios againn uile gu maith ciod a tha Dia ag iarraidh oirnn agus ciod leis an tig sinn 'na làthair, co dhiu a tha sinn a' tighinn thuige mar sin no nach 'eil. Ach ann an òg-mhaduinn an t-saoghail cha robh an t-eòlas sin aig ar n-aithrichean. Chan ann a dh' aon bhoillsgeadh a thàinig solus na Fìrinn ach uigh ar n-uigh, àithne air àithne, riaghailt air riaghailt, beagan an so, beagan an sud. Labhair Dia o shean an iomadh earrainn

agus air iomadh dòigh m' an do labhair e le a Mhac.

Ged dh' fhaodas an creideamh a bha aig na h-Iudhaich mu Dhia agus mu dhiadhaidheachd ann an toiseach an eachdraidh a bhì leanabail 'n ar sùilean-ne is e an creideamh sin a' ghucag as an d' thàinig an creideamh Crìosduidh ann an lànachd na h-aimsir; am brat-spéilidh anns an robh an soisgeul paisgte. An uair a bha daoine a' taigsinn tharbh is reitheachan do Dhia air ghaol a bhì réidh ris agus a thoilteachadh, air neo a' toirt toradh an cuirp dha air son peacadh an anama, bha iad 'g a dheanamh a chionn gu robh e 'n a fhaochadh d' an coguis a bha toirt fianuis 'n an aghaidh. Cha b'

aithne dhaibh dòigh eile a b' fheàrr air an cionta aideachadh no air fàbhar Dhe a chosnadh. B' e sud an dòigh anns am bu ghnàth leò dol an làthair rìghrean is mhaìthean na talmhainn, agus ciod an t-ionghnadh gu'n saoiladh iad gu'n éisdeadh Rìgh Mór nan nèamh r' an athchuingean air sgàth an tabhartasan.

Ach lion beag is beag, fo theagasg nam fàidhean aig an robh inntinnean a bu spioradaile agus a bu ghèire na bha aig na sagartan, chuir na h-Iudhaich na seann nithean sin air chùl is ràinig iad air an fhìrinn a chuir Crìosd anns na briathran so, "Is Spiorad Dia: agus is éigin d'a luchd-aoraidh aoradh a dheanamh ann an spiorad agus ann am fìrinn." Co dhìu, fhuair a chuid a bu spioradaile de'n t-sluagh greim air an fhìrinn so.

Fàidhean Israeil

Is e an t-seirbhis mhór a rinn na fàidhean ann an Israel, gu'n do dhearg iad air inntinn an t-sluaigh nach b' urrainn dhaibh Dia a thoileachadh, agus nach gabhadh e r'an aoradh, *as eugmhais an caitheamh-beatha a bhì ceart*. Shearmonaich iad air a' cheann-teagaisg sin gun sgur, agus bha feum air, oir bha an luchd-dùthcha a' saoilinn gu robh cùisean ceart eadar iad féin agus Dia, na'n tigeadh iad 'na làthair le tabhartasan aig amannan sònruichte agus ann an àitean suidhichte, a réir riaghailtean nan sagartan, co dhìu a bha no nach robh iad 'n an daoine fìrinneach, onorach, stuama.

"Ciod e lionmhorachd bhur n-ìobairtean dòmh-sa? deir Iehobhah; na tugaibh tabhartas dìomhain uaibh nì's mò; nìghibh, glanaibh; cuiribh air falbh olc 'ur deanadais as mo shealladh: sgairibh de dheanamh uile; fògh-lumaibh maith a dheanamh: iarraibh breith-eanas; cuiribh ceart an t-ainneartach; cumaidh còir ris an dilleachdan; tagraibh cùis na ban-traich" (Isaiah i.).

An rud a bha ann tha e ann fhathast, agus an là an diugh tha an droch phòr so, an cogull a thachd facal Dhé ann an cridhe Israeil, a' fàs ann an cridhe mhic an duine. Oir tha daoine ullamh gu bhì 'g am mealladh féin agus a' saoilinn nach seall Dia air a' chridhe, agus gu'm faod iad a bhì diadhaidh gun a bhì ceart

is tròcaireach is iriosal. Ach cha ghabh dealachadh a dheanamh eadar spioradalachd agus moraltachd, eadar diadhaidheachd agus fireantachd; tha iad a' dol ann an cois a chèile, agus an nì a cheangail Dia na cuireadh duine fa sgaoil.

Ciod a tha Dia ag iarraidh ort ach ceartas a dheanamh agus tròcair a ghràdhachadh agus gluasad gu h-iriosal maille ri d' Dhia? Cha ruigear a leas argumaid a dheanamh mu na briathran so, oir cho luath 's a chluinnear iad tha reusan is coguis an duine ag aontachadh leis an fhìrinn. An neach a nì ceartas agus a ghràdhaicheas tròcair agus a ghluaiseas gu h-iriosal maille ri Dia, faodaidh e dol an làthair Dhé le dànachd naomh, ann an làn dearbhachd gu'n aidich Dia e mar mhac. Sin teagasg Mhìcah, agus their cuid de dhaoine ruinn gu bheil an soisgeul uile ann. Ann an seadh tha sin fìor, oir is e crìoch àraidh an t-soisgeil gu'n tionndadh e daoine gu ceartas a dheanamh, agus tròcair a ghràdhachadh, agus gluasad gu h-iriosal maille ri Dia.

Ach e' àite an ionnsaichear ciod e ceartas is tròcair is irioslachd ach a mhàin fo theagasg an t-soisgeil? Nach e Iosa Crìosd a nochd do'n t-saoghal 'na bheatha féin maise nam beusan naomha sin! Agus c' àite ann faigh daoine peacach neart leis an dean iad toil Dhe ach a mhàin o'n t-Slànuighear anns am bheil cumhachd Dhé, agus a gheall a bhì do ghnàth maille riu. Cha do rinn an soisgeul briathran an fhàidh sean, agus cha mhò a chuir e air chùl iad, ach lion e iad le brìgh is reamhrachd nach robh anna an toiseach, air chor agus gu bheil daoine a nis a' faicinn àirde is leud is dòimhe anna nach faca Micah féin. Is e teagasg is beatha Chrìosd as aobhar dha sin.

Ma tha e fìor gur e na nithean a dh' ainmich am fàidh "suim na diadhaidheachd," tha e fìor mar an ceudna nach ruigear orra gu bràth ach fo bhuaidh spiorad an t-soisgeil. Is ann fo theagasg Chrìosd agus ann an co-chomunn a spioraid-san a bheir cridhe mhic an duine a mach toradh na naomhachd. "Fan aibh annam-sa agus mise annaibh-se." Far am bheil an t-aonadh sin, bithidh a thoradh. Iadsan aig am bheil gràdh dhàsan fuathaichidh iad olc agus faodar dol an urras orra gu'm bhì iad, an dà chuid, tròcaireach agus iriosal.

Aig an Uinneig

An Laoidh aig Cowper

CHUIR ceithir deug de luchd-leughaidh an cleabhair so an laoidh aig Cowper thugam, air a tionndadh gu Gàidhlig; bu mhaith leam taing a thoirt dhaibh uile.

Bha cuid dhiubh a b' fheàrr na chèile ach cha

robh gin dhiubh dona. Bha sreathan ann an cuid de'n fheadhainn-dheiridh a b' fheàrr na nasreathan ceudna anns an fheadhainn-thoisich, ach ann an comh-fharpais de'n t-seòrsa so feumar sreathan agus rannan a ghabhail thar a chèile, agus breith a thoirt air an obair gu

h-iomlan. Mar sin chuir mi air thoiseach an laoidh a chuir an t-Ollamh Gilleasbuig Dòmhnallach thugam, á Cathair Lùb, Pen-na-Cuthaig, àite air nach cuala mi iomradh riamh mur e Carlops, Penicuik, a tha ann. So an laoidh (*The Spirit breathes upon the Word*, 197, anns an leabhar ùr); chan 'eil de choire agam ri fhao-tainn dhì ach nach toigh leam an t-sreath mu dheireadh, agus nach toigh leam am facal taing anns an t-sreath,

Biodh taing do t' ainm gu suthain sior

Tha anail Spiorad Dhe nam feart
'Cur soills' air Fhacal naomh;
Tha àithntean 's geallaidhean a ghràis
'Toirt slàint do annaibh dhaoin'.

Rìoghail mar ghrian a' mheadhaoin-là
Tha Leabhar Dhe gu beachd;
Cha chuirear ris, bidh 'lànachd buan
Air feadh gach linn ri teachd.

Tha 'n làmh bho 'n d' thàinig e air thùs
'Toirt soluis agus teas;
Mar ghrian ag èirigh air na slòigh,
Nach dorchaichear am feasd.

Biodh taing do t' ainm gu suthain sior
Gu 'n d' fhoillsicheadh do ghràdh,
Thug latha 'n àigh gu saoghal dorch'
Le soilleireachd bho 'n àird.

Tha m'anam ait, 'sior leantuinn dlùth
Ri ceumaibh Fear no ghràidh,
Gu 'n dealraich glòir nam flaitheas orm
Le cambhanaich nan gràs.

Ranntachd Ghàidhlig

An uair a bhios cothrom air sin a dheanamh bheir mi aon no dhà eile de na laoidhean am follais air an duilleig so, oir tha iad glé mhaith. Is e a' choire as mò ann an ranntachd Ghàidhlig mar is trice, gu bheil cuid de na facail air an giorrachadh a chionn nach 'eil rùm anns an t-sreath do'n earball aca. Chan 'eil e furasda facail mhóra mar so, *smuaineachadh*, *deasachadh*, *naomhachadh*, is facail eile a tha a' eriochnachadh leis na litrichean—*ach* no—*adh* a chur anns na meadair a gheibhear am bàrdachd Ghàidhlig, ach air a shon sin gabhaidh e deanamh, is chan abrainn sàr-bhàrd ri bàrd air bith mur téid aige air facal air bith a chur anns an rann slàn, gun am facal a ghearradh no mhilleadh. Ged bu mhaith am bàrd Dùghall Bochanan tha a' choire so air na laoidhean aige, gu bheil e a' giorrachadh fhacal anns an dòigh mhaol so,

Uaith féin ata a bhith a' *sruth'*

Mo *shaor'* gun cheartas chur air chùl

O dean mo *phlanndach'* ann an Crìosd

Ach O! an dean thu *t' isleach'* féin

'S do dh' ith iad gus na *shàsuich'* iad

Ach 'nuair bha 'n t-àm a' *dlùthach'* ris

A' dìreadh 'n t-sléibh 'ga *shàrach'* gus

'S mar dhùn an t-seangain dol 'na *ghluas'*

Làn shonas *àiteach'* ann an glòir.

Tha bàrdachd Dhùghail Bochanan làn de nithean tuathail de 'n t-seòrsa so, ach air uairean chan 'eil e furasda dheanamh a mach co dhiu a bha no nach robh fios aige gu robh e a' gearradh nam facal. Bhuineadh Dùghall Bochanan do Shiorramachd Pheairt; an Gàidhlig Pheairt chan 'eil earball air fhàgail ach air glé bheag de fhacail; chaill iad an t-earball—*adh* gu buileach. An Adholl chan abair duine idir *monadh*; their iad uile *mon'*. Their iad, *Tha ghaoth séid'* an àite, Tha a' ghaoth a' séideadh.

Clann an Fhraoich

Sin agaibh buidheann de Ghàidheil eudmhor a tha feuchainn ris a' Ghàidhlig a chumail suas le bhì 'ga bruidhinn anns a h-uile àite am bi cothrom aca air sin a dheanamh, agus a tha feuchainn cuideachd ri iad féin a dheanamh coimhionta innte. Tha e duilich dhuinn uile Gàidhlig cheart a bhruidhinn no sgrìobhadh a chionn gu 'n d' fhàs ar cainnt cho anfhann le cion cleachdaidh 's nach 'eil e furasda ar smuaintean a-liubhairt innte gu cothromach, gun dragh mór a ghabhail. Sin an t-aobhar gu bheil i a' dol á cleachdadh, gu'm feum duine spàirn chruaidh a dheanamh mu'n téid aige air a smuaintean a chur an Gàidhlig. Théid aig daoine air Beurla a bhruidhinn gun *smuaineachadh*, no co dhiu gun an smuaintean a réiteachadh agus a chur an òrdugh, ach cha ghabh sin deanamh an Gàidhlig.

An uair a bhios daoine dicheiollach 'n an tàmh, bidh iad a' ruamhar; an uair nach bi an còrr aig Clann an Fhraoich ri dheanamh, feuchadh iad an làmh air na ceistean so.

(1) Cuir Gàidhlig air na facail so :

He was indebted to public charity even for his cigarettes.

One of them sowed dragon's teeth while the other uttered feeble moral platitudes.

The excessive sentimentality of the poor and the materialism of the rich.

He enjoyed himself greatly, driving a mowing machine.

The glamour of youth's eager page
Fades gently into middle age.

Here's to more friends and less need of them!

A dairyman and a plumber pedalling along slowly on their bicycles, picking their way gingerly among the pot-holes, were overtaken by a Ford two-seater in which were two retired Government Inspectors.

Am Facal agus an Saoghal

SIN an tiotal aig leabhar beag a bha air a Schur a mach o chionn beagan bhliadhnachan le Emil Brunner, àrd fhear-teagaisg ann an Oilthigh Gearmailteach; leabhar a tha cho làn de nithe maithe 's a tha ubh de bhìadh. Tha Pol ag ràdh gu bheil mòran de ghné ghuthan anns an t-saoghal agus nach 'eil aon dhiubh gun seadh. Tha mi an dùil nach abradh Pol sin mu na leabhraichean a chithear ann am buffian-leabhraichean an diugh. Tha gu leòir dhiubh gun seadh; tha iad air cho beag seadh 's nach fhiach dhuit feadhainn dhiubh fhosgladh.

Tha Emil Brunner a' deanamh obair fhìachail anns an t-saoghal an diugh air taobh nan Sgrìob-turan agus mar shearmonaiche a tha creidsinn ann an cumhachd an t-soisgeil. Tha nithean 'n a theagasg nach 'eil mise a' tuigsinn, agus nithean eile nach 'eil furasda gabhail riu, ach air a shon sin tha mi cinnteach gu gur guth o Dhia guth an duine so, agus gu bheil àileadh beatha 'n a theagasg.

Tha aon phuing shònruichte air a bheil e calg-dhìreach an aghaidh smuaintean is beachdan an t-saoghail anns a' ghineal so; tha e a' teagasg gu bheil an Eaglais air a puinnseanachadh an diugh leis an dòigh-smuaineachaidh aig speuradairean agus feallsanaich mu'n t-saoghal, daoine a tha leantuinn solus an reusoin féin a mhàin an àite a bhi toirt géill do Fhacal an Tighearna.

Tha e cinnteach gu'n do labhair Dia o shean *facal bèd*; tha e cinnteach gu bheil Dia a' labhairt an diugh fhathast, agus gur e ceud dhleasdanas na h-Eaglais éisdeachd ris an *fhacal bhèd* sin. Tha e ag ràdh nach e litir an Sgrìobtuir am *facal bèd* so, ach chan 'eil e idir soilleir ciod an dàimh a tha eadar briathran a' Bhiobull agus am *facal bèd*, c' àite a bheil an dara aon a' tòiseachadh agus an t-aon eile a sgur.

Chan ann le rannsachadh na h-inntinn a ruigear air firinn an t-soisgeil, is cha mhò a dh' fhaodas reuson mhic an duine breith a thoirt air an fhìrinn sin; tha i air a foillseachadh le Dia Labhair Dia o shean anns na fàidhean agus ann an Iosa Criosd, is tha e a' labhairt anna fhathast. An taobh a mach de'n Bhiobull agus de'n chreideamh Chrìosdiudh chan 'eil solus fìor air bith ri fhaicinn; chan 'eil anns an eòlas spioradail air an téid aig daoine air ruighinn le an tuigse no an canchainn ach solus a chuireas air seachran iad. Na'n robh so air a ràdh le searmonaiche Gàidhealach ann an Gàidhlig theireadh daoine gu robh an cuthach air, ach tha e air a ràdh le sgoilearan agus diadhairean a tha cleachdadh a bhi tomhas an briathran, air chor agus gu'm feumar na beachdan so a ghabhail an da rìreadh, na ceart bheachdan a bha aig Pol o chionn nan ceudan bliadhna.

"An uair nach b' aithne do'n t-saoghal, tre ghliocas, Dia, bu toil le Dia le amaideachd an ni a bha air a shearmonachadh, iadsan a theàrnadh a tha creidsinn" (1 Corint. i. 21).

Ma thòisicheas tu air firinnean a' Bhiobull a mhineachadh do dhaoine tùrail tha a' cheist so 'n an inntinn fad na h-ùine, *ciod an dearbhadh a tha agad gu bheil so fìor?* Theireadh Emil Brunner nach urrainnear gu bràth dearbhadh fhaotainn o'n taobh a muigh, no dearbhadh a riarachadh reuson an duine; "chan 'eil fios aig neach sam bith air nithean Dhe, ach aig Spiorad Dhe." "Cha ghabh an duine nàdurra ri nithibh Spiorad Dhe; oir is amaideachd leis iad; agus chan 'eil e an comas da eòlas a ghabhail orra, do bhrìgh gur ann air mhodh spioradail a thuigear iad." "Ach bheir an duine spioradail breith air na h-uile nithibh, gidheadh chan 'eil e féin fo bhreith duine sam bith, oir cò d'am b' aithne inntinn an Tighearna, agus a theagaisgeas e? ach tha inntinn Chrìosd againne."

Cha riarach an fhreagairt so an saoghal, oir tha miinntir an t-saoghail ag iarraidh gu'm biodh an creideamh Chrìosduidh air a dhearbhadh anns a' cheart dòigh anns a bheil firinnean eile air an dearbhadh, le slat-thomhais na h-inntinn. Ach ciod a tha sin a' ciallachadh ach gu bheil iad an dùil gu bheil eòlas spioradail coltach ris gach gné eile de eòlas, agus gu'm faigh mac an duine a mach Dia le bhuidhean féin, dìreach mar a fhuair e a mach diomhaireachdan an dealanaich agus a' chruthachaidh uile. Daoine a théid aca air na reultan a chur air mheidh; air a' ghréin agus air a' ghealaich a chuartachadh, agus air gille-frithealidh a dheanamh de 'n dealanach, agus a dhearbhas na nithean a bhios iad ag ràdh mu oibreachadh a' chruthachaidh cho cinnteach 's nach gabh teagamh cur anna,—tha e duilich do na daoine sin eisdeachd le faighidinn an uair a theirear riu nach gabh firinnean spioradail a bhi air an dearbhadh.

An uair a labhrar air Facal Dhe thatar a' ciallachadh, anns a' cheud àite, Facal a' Bhiobull. Is e am Biobull an cearcall-mùlaich agus an cearcall-màis a tha cumail ri chéile gach eaglais anns an t-saoghal, an eaglais Phàpanach agus an eaglais Phròstanach; is e am Biobull an tobar as a bheil iad a' tarraing am beatha, linn an déidh linn. Gun am Biobull chan 'eil anns an eaglais ach coinnlear gun solus. Tha am Biobull 'n a fhianuis air an fhoillseachadh a rinn Dia air féin ann an Iosa Criosd. Chan ann anns an Leabhar a gheibhear am foillseachadh sin ach *ann an Neach a tha bèd*. Chan fhaodar na Sgrìobtuir a chur ann an àite Chrìosd; chan 'eil anna ach fianuis air an t-saoghal.



Annas a' Chathair

CHAN 'eil eaglais Phròstanach anns an Cùdhaich aig nach 'eil an aon ghearan agus an aon ghlaodh an diugh, gu bheil an sluagh air cùl a chur ris an eaglais, agus nach 'eil uigh aca ann an aoradh no ann an diadhaidheachd?

A bheil sin fìor? Agus ma tha e fìor, cìod is aobhar dha?

Chan 'eil e fìor ma chunntar àireamh an luchd-comanachaidh. Cha robh riamh uiread eaglaisean anns an rìoghachd 's a tha innte an diugh; air Sàbaid comanachaidh agus air aon no dhà eile de làithean-féille tha na h-eaglaisean daoman làn, air chor agus nach 'eil e fìor gu'n do chuir an sluagh cùl ris an eaglais, no idir idir nach 'eil suim aca do dhiadhaidheachd. Tha a' cheart ionndrainn air Dia agus air dearbhachd mu'n t-saoghal eile ann an cridheachan dhaoine an diugh 's a bha amta riamh, ach chan 'eil iad a' faireachdainn gu bheil dad aig an eaglais ri thoirt dhaibh a riarachadh na h-ionndrainn sin.

Co dhìu a tha am beachd sin ceart no ceàrr tha e ann an imtinn an t-sluaigh; chan 'eil dad aca an aghaidh na h-eaglais, ach tha a h-aoradh agus a seirbhisean gun bhlas daibh. Tha iad gun bhlas do'n mhór-chuideachd; tha fuigheall de dhaoine ann fhathast a théid suas gu toileach do thigh an Tighearn air là na Sàbaid, a chionn gur e tigh an Tighearn agus là na Sàbaid a tha ann, ach is fheàrr leis a' mhór-chuideachd a bhì réiseadh air na rathaidean-móra, is their iad riut ann an clàr an aodainn, gu'n dean sin a cheart uiread maith dhaibh 's a gheibheadh iad o bhì ag éisdeachd mhinistearan tioram a' dranndanaich mu nithean a tha mìltean de mhìltean air falbh bho shaoghal nam beò. Ged nach urrainn iad a ràdh ann an aon fhacal cìod a tha ceàrr ann an seirbhisean na h-eaglais tha fhios aca gu bheil nì air chor-eigin air chall amta, agus nach 'eil Dia a' labhairt riu anns an eaglais mar bu mhaith leò E a dheanamh. Chan e nach 'eil na nithean a bhios am ministear ag ràdh fìor, ach gu bheil iad cho fada shuas anns na neòil agus gu bheil cho beag de bhuintealas aca ris an t-saoghal bheò 's gur coma co dhìu a tha iad fìor no air atharrachadh. Chan e nach 'eil iad fìor, ach nach fhiaich iad a bhì bruidhinn umpa; scam-san cràbhach mu nithean a tha cho marbh 's nach dean e mughadh air bith co dhìu a bhruidh-near umpa no nach bruidhinn. Tha na smuaintean sin ann an iuntinnean dhaoine an diugh; ann an aoradh agus ann an searmonachadh na

h-eaglais chan 'eil iad a' faireachdainn no a' cluinntinn an fhacail bheò; agus a chionn nach 'eil, tha iad a' gabhail an rathaid fhéin agus a' dol seachad air tigh an Tighearn air an t-Sàbaid. "Chaidh mi do'n eaglais an é," arsa fear dhiubh so, "an dùil gu'm faighinn eriomann de aran na beatha a chuidicheadh mi fad na seachdain, ach thug am ministear greis ag innseadh mu chuibheartan a' Phàpa, greis a càineadh Hitler agus ag ochanach mu chor na Roinn-Eòrpa, is greis eile ag innseadh dhuinn mu'n t-suim airgid (£180,000) a tha an t-Ollamh Iain White ag iarraidh, gus eaglaisean ùra a thogail, ach cha robh aon fhacal aige do dhaoine air an robh acras spioradail."

Theagamh nach 'eil so uile gu léir fìor, agus nach tug an duine ud breith eòthromach air an eaglais no air a ministearan, ach air a shon sin, tha freumh de'n fhirinn ann, air chor agus gu'm biodh e glie do mhinistearan, an àite a bhì trod ris an t-sluagh a chionn nach 'eil iad a' dol do'n eaglais, gach nì eile a sheachnadh anns a' chùbaid ach a mhàin am *Biobull agus teagasg spioradail*. Chan 'eil ann an searmonachadh air bith eile ach dìomhanas agus ruagadh na gaoithe.

Ach is e sin an dearbh rud a tha duilich fhaotainn an Albainn an diugh, *searmonachadh spioradail*. Rach a stigh do eaglais air là na Sàbaid is gheibh thu anns a' chùbaid iomadh gibht is tàlan eile; òrdalachd is eòlas is bruidhinn dheas is shnasmor, ach bithidh tu anabarrach fortanach ma gheibh thu searmon spioradail, no searmon a dh' éireas 'n ad aghaidh air là a' bhreitheanais a chionn gu'n eual thu e.

Tha an seòrsa searmonachaidh so ag iarraidh buaidhean imtinn is eridhe nach 'eil aig ministearan na h-eaglais uile, nach 'eil eadhon aig cuid de na ministearan as fheàrr, oir faodaidh duine a bhì 'n a aodhair maith agus caomhail ged nach 'eil ealadhain aige air spioradalachd a chur 'n a theagasg, ach dh' fhaodamaid uile cunnail na's dhnithe ris a' Bhiobull na tha sinn a' deanamh. Cha ruig ministear a leas a bhì 'n dùil gu bheil dad aige-san ri ràdh a bheireadh air daoine dol aon cheum an coise 'ga éisdeachd mur bheil e a' toirt a theagaisg á Facal an Tighearn. Ged b' e Moderàtor an t-Seanaidh a bhiodh ann, na'n tòisicheadh e air labhairt anns a' chùbaid mu chor na Roinn Eorpa agus mu chùisean nan rìoghachdan, mar is tric a bhios iad a' deanamh, an àite a bhì labhairt

mu'n Bhiobull, bu cho maith leam a bhi ag èisdeachd ris na ròcaisean.

* * * *

Ach ged tha cuid de'n t-sluagh ag ionndrainn teagasg spioradail anns an eaglais an diugh cha bhiodh e fìor a ràdh gur e sin a tha falmhachadh nan eaglaisean uile. Tha a' mhòr-chuideachd de'n t-sluagh a' deanamh dearmad air aoradh na h-eaglais a chionn gur fheàrr leò a bhi ann an àitean eile seach anns an eaglais, agus a chionn 's nach 'eil iad ag aideachadh lagh air bith ach an toil agus an càil féin.

Anns na seann làithean bha daoine a' dol do'n eaglais, co dhiù a bha càil aca de'n t-seirbhis no nach robh, a chionn gu robh cumhachd làidir 'g am putadh innte, creideamh coitcheionn na coimhearsnachd agus na dùthecha, creideamh a bha cho làidir agus cho buadh-mhor 's nach b' urrainn dhaibh dol 'na aghaidh gun nàire, agus gun a bhi faireachduinn gu robh iad a' briseadh lagh Dhe agus a' deanamh tàir air cleachdadh dhaoine naomh. Ach chan 'eil a leithid sin de chreideamh coitcheionn, no mar theirear anns a' Bheurla, *public opinion* anns an dùthaich an diugh; chan 'eil creideamh coitcheionn innte a thaobh là an Tighearn no a thaobh ùghdarras a' Bhiobull, agus is e sin màthair-aobhair na truaighe agus na gorta a thàinig air na h-eaglaisean anns na làithean deireannach so.

Ach chan 'eil mise co dhiù an dùil gu bheil aobhar-ghearain air bith aig ministearan, oir is iad fhéin a theagaisg do'n t-sluagh nach 'eil anns an t-Sàbaid ach seann riaghailt Iudhach nach 'eil e mar fhìjachaibh air Crìosduidhean a chumail. Sin a' cheud cheum; is e an ath cheum gu'n dean an sluagh an rud a thogras iad air là an Tighearna *gun choguis chiontach*. Car son a bhitheadh coguis chiontach aig duine mur bheil e fo lagh as àirde na thoil fhéin?

Chan eil feum air bith ann do mhinistearan a bhi ag ochanaich anns a' chùbaid mu oleas nan timeannan no mu aotrumas na h-òigridh; chan 'eil seòrsa searmonachaidh idir ann as lugha feum na sin, is seachnaidh a h-uile ministear glic e. Feumar a' chuid as fheàrr a dheanamh de'n chuid as mìosa; na daoine a tha dol do'n eaglais an diugh, tha iad a' dol innte le'n toil agus le'n roghainn féin, agus chan ann a chionn gu bheil cùilean is teangaidhean choimhearsnachd, no eagal mhinistearan, 'gan cò-éigneachadh. Tha iad a' dol innte a chionn gu bheil iarraidh aca air buanachadh ann an teagasg nan abstol, agus ann an co-chomunn nam bràithrean, agus ann am briseadh arain, agus ann an ùrnuighibh. Thoireamaid dhaibh sin teagasg spioradail nan abstol, oir is iad am *fuigheall* a tha cumail còlas Dhe beò anns an t-saoghal.

Anns a' Choille Bheithe

THA mòran dhaoine an diugh gu buileach ann an ceò a thaobh fìrimean an t-soisgeil. Chan 'eil fhios aca ciod a tha iad féin a' creidsinn, no co dhiù a tha na nithean a tha an Eaglais a' teagasg fìor. Tha uiread ghuthan 'n an cluasan, cuid ag ràdh sud, is cuid ag ràdh so, is cuid ag ràdh rud eile, agus seòrsa de reusontachd anns na guthan sin uile, 's nach 'eil fhios aca ciod an creud no am paidir féin. Mar tha Iob ag ràdh, "Tha iad a' smeurachadh 's an dorchadas, agus iad gun solus; agus a' dol air seachran mar dhuine air mhìsg."

Anns na seann làithean bha fhios aig daoine ciod a bha an Eaglais a' teagasg agus ciod a bha iad féin a' creidsinn, co dhiù a bha iad 'g a ghiùlan sin a mach 'n am beatha no nach robh. Ach an diugh chaill an dara leth de'n t-sluagh an *dearbhadh* so gu buileach, is tha iad a' dol mu'n cuairt agus mu'n cuairt mar dhaoine air chall anns a' cheò, gun fhios aca c'àite a bheil iad.

Anns na seann làithean bha an Eaglais a' labhairt ri daoine le ùghdarras is smachd, ag ràdh riu, so agaibh an Fhìrinn agus an Creud a dh' fheumas sibh a chreidsinn, na Rìghailtean a dh' fheumas sibh a leantuinn, agus an t-Ughdarras cinnteach d'an còir dhuibh géill a thabhairt.

Ach an diugh chaill an Eaglais fhéin an dearbhachd so (oir ciod a tha anns an Eaglais ach na daoine a tha innte) air chor agus nach 'eil i a' labhairt ris an t-saoghal le ùghdarras ach le irioslachd, ag aideachadh gu bheil iomadh rathad a' treòrachadh gu Dia, agus a' toirt dòchais do dhaoine nach téid iad fada air seachran ma tha ionndrainn fhìor air Dia 'n an cridheachan agus iarraidh air a thoil a dheanamh, eadhon ged bhitheadh an inntinn ann an ceò a thaobh na nithean air am bi diadhairean a' deasbud agus a bhios iad a' cur anns na Creudan agus ann an leabhraichean aidmheil a' Chreidimh.

Ach tha aon eaglais ann a tha daonnan a labhairt ris an t-saoghal le dearbhachd is ùghdarras, cinnteach gu bheil an fhìrinn aice, agus an fhìrinn uile, agus gun dad ach an fhìrinn; an Eaglais Phàpanach. Cha chluinnear fuaim neo-chinnteach o'n trompaid aice-se uair air bith; a dh' aindeoin ciod a their sgoilearan agus luchd-an-ionnsachaidh, a dh' aindeoin fàs an t-soluis agus an eòlais, tha ise a' seasamh air na seann bhunaitean agus ag ràdh nach gabh fois do'n anam a bhi air fhaotainn air dhòigh eile. Tha i ag ràdh gur ise a dh' òrduich Dia gu bhi 'n a bean-choimhid an fhoillsachaidh a thug Dia do'n t-saoghal, tre fhàidhean, agus

tre naoinn, agus anns na làithean deireannach, tre a mhac; agus ri uile chloinn nan daoine, gu sònruichte ri Pròstanaich a chaill an *dearbhadh inntinn* le teagasg nan sgoilearan mu'n Bhiobull, tha i ag ràdh, *Thigibh air bhur n-ais thugam-sa is bheir mise dearbhadh dhuibh.*

Ciod a their thu, a leughadair, uime sin? Ciod air bith a their thusa, their mise gu'm b' fheàrr leam mìle uair m' inntinn a bhi ann an ceò seach m' inntinn a bhi fo ghlais. An uair a cheanglas duine e féin ris an eaglais Phàpanaich is e a' cheud rud a tha i a' toirt bhuaith, saorsa inntinn féin. Their i ris nach 'eil feum ann dha inntinn a riasladh no shàruachadh le bhì ramsachadh nithean dìomhair, no le bhì enuasachadh air nithean domhain; nach 'eil air iarraidh air ach na nithean a theagaisgeas ise dha a chreidsinn agus na dleasdanas a chuireas i m'a choinneamh a dheanamh, agus gu'm faigh e mar thoradh air géilltinn d'a h-ùghdarras, fois spioradail, agus sonas siorruidh, agus *dearbhadh spioradail.*

Tha cion dearbhadh is udalanachd na h-inntinn cho piantail do mhòran dhaoine, is tha an duais a tha an eaglais Phàpanach a' tairgsinn dhaibh cho ion-mhiannaichte 'n an sùilean, 's gu'm pàigh iad a' phris gu toileach, is tiomdaidh iad an ùchair anns an t-seòmar sin d' an inntinn far am biodh iad aon uair a' cleachdadh solus an reusoin air firinnean an t-soisgeil.

So an t-aobhar gu bheil àireamh shònruichte de Phròstanaich a' dol thairis a h-uile bliadhna do'n eaglais Phàpanaich; daoine a dh' fhàs sgèth de'n deasbud a tha dol air agbaidh gun sgar am measg Phròstanaich mu phuingeann creidimh agus mu ùghdarras a' Bhiobuill, agus a tha air son fois fhaotainn d' an inntinn agus d' an anam anns an ùghdarras agus anns an dearbhadh a tha an eaglais Chatliceach a' tairgsinn dhaibh.

Chan abair mise gu bheil na daoine sin a' deanamh gu ceàrr, ach their mi gu'm foadadh iad slighe a b' fheàrr a leantainn agus fois fhaotainn d'an anam gun cuibhrichean troma a chur air an inntinn. Air mo shon féin dheth, bu cho maith leam a bhì marbh ri e bhì air a thoirmeasg dhomh m' inntinn féin a chleachdadh an uair a their Pol no Peadar, Pàpa no Cléir, speuradairean no luchd-ealadhain rium, So agad an fhìrinn agus feumaidh tu so a chreidsinn. Ged nach 'eil solus mo reusoin ach fann, coinneal bheag anns an dorchadas thugh leis a bheil mi air mo chuartachadh, is ann o Dhia a tha e, agus cha ghabh e mùchadh.

Chan 'eil so a' ciallachadh gu'm faod mise mo bheachdan féin a chur an aghaidh beachdan is fiosrachadh Phoil no a' chinne-daonna uile; oir tha solus mo reusoin aig innsadh dhomh nach biodh an sin ach ladarnas is amaideas, ach tha e a' ciallachadh gu'm feum gach duine *inntinn a dheanamh suas air a shon féin* ciod a tha fìor no

co ann a chreideas e. Gun aonta do reusoin cha ruig thu gu bràth air fois no dearbhadh spioradail; gun aonta do reusoin chan fhaigh thu gu bràth an dòchas agus a' chomhfhurtachd a tha ri fhaotainn anns na nithean a tha air an teagasg anns a' Chreud.

Cha mhò a tha so a' ciallachadh gur e solus ar reusoin an aon treoraiche a tha againn a thaobh creidimh no a thaobh an t-saoghail eile; mar thubhairt duine glic àraidh *Tha reusoin aig a' chridhe nach aithne do'n Reuson*; tha fichead lòchran eile ann an spiorad mhic an duine a shoillsicheas a cheuman air a rathad dhachaidh gu Dia a thuilleadh air an t-solus a tha 'n a inntinn.

* * * * *

Is e an t-aobhar gu'n do chaill a' ghineal so an dearbhadh air a bheil mi a' labhairt, gu bheil iad an dùil nach 'eil dòigh eile ann air firinnean spioradail a dhearbhadh ach an dòigh a bhios aig an luchd-ealadhain. Tha na dòighean a bhios aca-san cho cinnteach 's nach urrainnear teagamh a chur annta. Na nithean deacair agus iongantach a tha air innsadh dhuinn leis na daoine a tha cur seachd am beatha a' ramsachadh gu h-iriosal agus gu faighidinneach dìomhaireachdan a' chruthachaidh, Newton agus Kepler agus Faraday agus Kelvin agus Pasteur agus Marconi,—dearbhadh na daoine sin na nithean a tha iad a' teagasg cho soilleir agus cho cinnteach le *experiments*, 's nach gabh iad àicheadh. Faodaidh tu a bhì cho cinnteach asda 's a tha thu gu bheil thu beò.

A nis bu mhaith le mòran dhaoine a' cheart chinnt so agus a' cheart dhearbhadh so a bhì aca a thaobh nan nithean a chuir an Eaglais anns na Creudan agus a tha i a' teagasg do'n t-sluagh, ach sin rud nach urrainnear fhaotainn. Chan urrainnear fhaotainn a chionn nach buin creideamh no dòchas no gràdh do'n t-saoghal fhaicsinneach anns an gabh *experiments* a bhì air an deanamh, no anns an gabh rudan a bhì air an cur air na sligean-tomhais. Cha ghabh aithreachas no aoibhneas a bhì air an tomhas; chan fhaic thu iad is cha chluinn thu iad, ach air a shon sin tha iad 'n an nithean cho fìor ann am beatha dhaoine ris na nithean a ghabhas reic is ceannach.

Ged is e Dia tobar na h-uile bheatha a tha anns an t-saoghal cò is urrainn a dhearbhadh gu bheil Dia ann cho cinnteach 's nach faod neach eile sin àicheadh *ma thoilicheas e*. Cha ghabh e dearbhadh le *experiment* no le argumaid gu bheil Dia ann, mar a dhearbhas tu an t-astar a shìubhlas gath soluis ann am mionaid. Is ann air mhodh spioradail a thuingear nithean spioradail. Chan fhaigh duine gu bràth dearbhadh as cinntiche (dha fhéin co dhù) air nithean spioradail na 'n dearbhadh a gheibh e 'n a

anam agus 'n a choguis féin, an uair a tha spiorad Dhe a' labhairt ris.

* * * * *

Ann an aon seadh cha dean e cron do dhaoine a bhi ann an ceò, *ma tha fhios aca gu bheil iad ann*; feuchaidh iad ri faotainn as agus teagaisgedh sin dhaibh am-feum a tha aca air neach a bheir dhaibh eòlas na slighe. Anns an t-saoghal an diugh tha barrachd dhaoine ag iarraidh na slighe gu Sion, *agus ar aghaidh 'g a h-ionnsaidh*, na bha 'g a h-iarraidh ann an làithean Jeremiah; ach tha daoine eile ann a tha ag iarraidh air an eaglais an toirt gu Sion gun uiread agus an aghaidh a chur air a' bhaile, agus gun uiread agus an rathad fhaighneachd. Sin na daoine a tha ag iarraidh dearbhachd a chionn gu bheil iad leasg; cho leasg 's nach toigh leo an inntinn a chleachdadh, no eadhon an inntinn a dheanamh suas. B' fheàrr do dhuine bhuaith na aige an seòrsa dearbhachd a gheibh na daoine sin. Cha dean e ach an cruadhachadh ann an leisg, agus ann an aineolas, agus ann an cumhannachd.

Chan fhaighear rud maith air bith anns an t-saoghal so gun oibreachadh air a shon, ach bu mhaith le cuid de dhaoine a bhi cinnteach á frinn a' Bhiobull gun saothair agus gun dragh a ghabhail; seadh gun am Biobull a leughadh. Tha iad an dùil gu'n gabh dearbhachd faotainn mar gu'm biodh iad ag iarraidh bidh no dibhe ann an tigh-bòda; nach 'eil aca ach an clag a bhualadh, is tha am biadh air a' bhòrd ann an dà mhionaid. Na saoilteadh na daoine sin gu'm faigh iad tiòdhlaic no duais spioradail air bith mar sin. Feumar oibreachadh, agus glé bhitheanta feumar feitheamh gu faighidimeach air an son.

Tha dearbhachd agus dearbhachd ann; dearbhachd a tha do-sheachainte feumail do dhuine ma tha tàbhachd ri bhi 'n a obair agus

'n a bheatha, is dearbhachd eile a ghabhas deanamh as a h-eugmhais. Tha fichead rud ann a bu mhaith leam fios a bhiagam orra mu'm fàg mi an saoghal. Ach cha téid dad ceàrr ann am obair no ann am bheatha ged nach 'eil cinnt air bith agam mu na nithean sin, agus ged bhithinn ann an ceò m' an timchioll. Ach bhithheadh m' obair agus mo bheatha uile ceàrr mur bhithinn cinnteach gu bheil mi cunntachail do Dhia agus gu bheil Dia a' labhairt rium 'n am choguis agus anns a' Bhiobull. Tha mi cho cinnteach as a sin 's a tha mi gu bheil làmban is casan orm.

* * * * *

Fhuair sinn nìle ar creideamh agus ar beachdan mu'n t-saoghal spioradail an toiseach bho ar pàrantan; fad bhliadhnanachan bu leòr an dearbhachd dhuinn gu robh iadsan agus ar coimhearsnaich 'g a chreidsinn, agus gu robh e air a shearmonachadh anns an eaglais mar fhirinn Dhe, ach an uair a thòisich sinn air gairm Chrìosd a fhreagairt agus ar n-aghaidh a chur air a' bheatha naoimh a shealbhaichear 'n a chompanas agus ann an ùmhlachd fhacail, sin mar a thòisich sinn air a thugsinn ann an dòigh fhìor nach 'eil eòlas ri fhaotainn air Dia ach a mhàin 'n a Fhacal, agus ann an Crìosd, am Facal beò agus sìorruidh a bha air a dheanamh 'n a fheòil chum gu'n tuigeadh daoine e na b' fheàrr. Ma bu mhaith leat, ma ta, a leughadair, dearbhachd a bhi agad a thaobh nan nithean a theagaisgeadh dhuit 'n a t-òige cùm thu féin ann an companas Chrìosd agus beathaich t' inntinn agus t' anam leis a' Bhiobull. Ma ni thu sin cha bhi thu ann an ceò fada; éiridh an solus agus dealraichidh e na 's mò agus na 's mò gus an abair thu mar thubhàirt Pol, Tha fhios agam co ann a chreid mi, agus is dearbh leam gu bheil e comasach air an ni sin a dh' earb mi ris a choimhead fa chomhair an là sin.

Ministearan Loch-Aillse

BHO chionn dà bhliadhna bha mi fhéin agus Cearaid sònruichte fad seachduin ann am Baile MacAra, an sgrì Loch-Aillse, is chòrd an dùthaich cho maith rium 's nach cuireadh e iongnadh orm ged chluinnim gu'm bi ministear na sgrìre a' crònanaich gu beag ris fhéin, an uair a bhios e air a thurasan am measg an t-sluaigh, an rann a rinn am fear caomh nach maireann, an t-Athair Ùrramach Ailean Dòmhnallach, mn Aoraisgeidh.

Ged a gheibhinn-se mo thagha
B'e mo rogha de'n Eòrpa
Aite-tuinidh 'n cois na tuinne
Aig Cnoc nan Aingeal bòidheach

B'e an naomh Faolan a thug an soisgeul gu Loch-Aillse anns an ochdamh linn; bha an

eaglais a thog e ann air a h-ainmeachadh air Còmhghan, bràthair a mhàthar, naomh a thàinig á Eirinn. Tha e air a ràdh gu bheil Còmhghan air a thiodhlacadh an eilean I, ach chan fhios domh. Tha e air a ràdh cuideachd gu robh Faolan air a thiodhlacadh an Cill-Fhaolain, an Cinn t-sàile, ach chan fhios domh na 's mò.

Ged is ann an Loch-Aillse a thuinic Faolan an toiseach is ann anns na crìochan ris an abrar an diugh sìorramachd Pheairt a dh' fhàg e comharraidhean a shaothrach. Tha eaglais Shrùthain air a h-ainmeachadh air, a thuilleadh air eaglaisean eile am Peairt.

Aig àm an Ath-leasachaidh is móran bhliadh-nachan 'n a dhéidh cha robh an dùthaich air a

roinn 'n a sgìrean mar tha i an diugh, is cha mhò a bha ministearan air an suidheachadh mar tha iad an diugh. Bha ministearan is fir-leughaidh air an cur a mach an sud agus an so bho na h-eaglaisean móra, abaidean agus mainistirean a bha faotainn deachamh o'n fhearran anns an robh na h-eaglaisean beaga air an suidheachadh.

B'è so na ministearan a shaothraich an Loch-Aillse o àm an Ath-leasachaidh.

Alasdair Friseal (1569–1580).

Murchadh Mac Calmain (1582–1614).

Dòmhnall Clèireach, M.A. (1614–?).

Bha e air oileanachadh an Oil-thigh Dhùn-éideam, is phòs e nighean do Iain Mac Coinnich, fear an Uird. Bha aon mhac is aon nighean aige; phòs an nighean Mata Mac Mhathain, am Baile Mac Ara.

Iain Mac Coinnich, M.A. (1622–1630).

Mac do Choinneach Mac Coinnich, Do'ach Mo-luaig, am Fodhraitidh; bha e air oileanachadh an Oil-thigh Obar Dheathain; ann an 1630 dh' fhàg e Loch-Aillse is chaidh e do Loch Braon.

Dòmhnall Mac Rath, M.A. (1663–?).

Mac do Fhearchar Mac Rath; bha e air oileanachadh an Obar Dheathain, is phòs e Anabla, nighean do Uilleam Mac Coinnich, an Sildeag. Bha sianar mhac aige. Tha e air a ràdh gu robh e 'na mhinistear an Loch-Aillse an 1710, ach bha na timeannan ud bruaill-eanach.

Fionnladh Mac Rath, M.A. (1695–1716).

Mac do Dhòmhnall Mac Rath, Siomarlan Chinn t-sàile; bha e air oileanachadh an Cill Rìmhinn, is air a shuidheachadh an Loch-Aillse an aghaidh toil an t-sluaigh leis a' mhnaoi aig Mac Coinnich, Iarla Shìphort. Bhrosnuich e an sluagh gu éirigh is dol a mach air taobh nan Stiùbhardach an 1715; air a shon sin chaill e a dhreuchd is chuireadh a mach á eaglais Loch-Aillse e ann an 1716. Phòs e Mairearad Nic Rath, nighean do Dhomhachd Mac Rath, In'ir-ionaid, is bha trì mic is dà nighean aige.

Iain McKillican (1719–1725).

Mac do Iain McKillican, ministear Alanais, aon de na ministearan ris an abrar aithrichean Rois. A thaobh 's gu robh e duilich do'n Chléir coinneachadh ann an àite cho iomallach ri Loch Aillse bha Iain McKillican air a phòsadh ri eaglais Loch-Aillse ann an Ionar Pheofharan. Cha deachaidh e riamh a dh' fhuireach anns an sgìr; thug a' Chléir achmhasan dha air a shon sin, is chaidh iad do Loch-Aillse a shealltuinn as a dhéidh, ach thog an sluagh 'n an aghaidh

is làimhsich iad na ministearan a chaidh ann cho garg 's nach do ghléidh a' Chléir a' choinneamh idir. Shiubhaile e an 1725.

Dòmhnall Mac Leoid, M.A. (1727–1769).

Bhuineadh e do'n eilean Sgitheanach is bha e seachd bliadhna ann an sgìr Chumdainn m'an do shuidhich a' Chléir e an Loch-Aillse.

Murchadh Mac Iomhair, M.A. (1770–1790).

Mac do fhear Thollosta, an Leòdhas; bha e air oileanachadh an Obar Dheathain; an déidh dha bhli greis 'n a mhissonaraidh anns na Hearadh chuir an Crìm a stigh e do Loch-Aillse. Bha e pòsda dà uair is bha trìuir de theaghlach aige leis a' cheud mhnaoi. Bhàth-adh e anns an Fhaoilleach, an 1790; ann am bàta a bha dol o'n Chaol gu Grùinard.

Alasdair Downie, D.D. (1791–1820).

So ann ministear a b' ainmeile a bha riamh an Loch-Aillse. Mac do Iain Downie a bha 'na mhinistear an Sgìr Urrath; bha seachd duine deug de theaghlach aig Iain Downie. Bha Alasdair Downie air oileanachadh an Obar Dheathain; is thug Oil-thigh Obar Dheathain dha D.D. an 1812. Phòs e Seonaid Nic Fhionghuinn, nighean do Mac Fhionghuinn, Choirechatachain, leis an robh seachdnar de theaghlach aige. Bha Tearlach a mhac 'n a mhinistear an Cumdainn.

Anns an leabhar a sgrìobh Aeneas Sage tha iomradh air a dheanamh air an Ollamh Alasdair Downie. Tha e ag ràdh gu'm bu duin-nasal còir e anns an robh cur-a-mach is coibhneas; gu robh gu leòr de'n t-saoghal aige agus gu robh e fialaidh le chuid; gu robh e maith air a' ghunna agus air an tuathanachd, ach nach robh ann ach searmonaiche truaigh.

B'ann an eaglais Loch-Aillse a thug Aeneas Sage fhéin seachad a' cheud searmon a liubhair e riamh.

Eachann Mac Gilleathain (1821–1869).

Mac do Dhòmhnall Mac Ghilleathain a bha 'n a mhinistear an Eige, agus bràthair do Mhaighstir Niall a bha 'n a mhinistear an Tìriodh. Bha e air oileanachadh an Obar Dheathain, is fhuair e cead searmonachaidh bho Chléir Mhuile. Bha athair Mhaighstir Eachainn agus Mhaighstir Néill 'n a dhuine fìor dhiadhaidh, is bha iad fhéin 'n an daoine maith cuideachd, ged bha iad air taobh nam Moderates ann an cùiseanna h-eaglais. Bho chionn bhliadh-nachan thugmo charaid, an t-Urramach Donnchadh Mac Rath, an Dun éideam, ceithir no còig de shearmoin Mhaighstir Eachainn dhomh, is thàinig e 'n am inntinn uair no dha fear dhiubh a thoirt am follais air an duilleig so. Tha iad air an sgrìobhadh cho cùramach 's ged bhiodh iad air an deasachadh air son a' chlé.

Niall Mac an t-Saoir (1869–1874).

Bhumeadh e do Chinn-tìre, is bha e ann an Rata-mhurchais m'an deachaidh e do Loch-Aillse.

Seumas Bain (1875–1877).

Dh'fhag e Cill-Fhionain a dol do Loch-Aillse, ach cha d' fhan e ann ach dà bhliadhna ; chaidh e do sgìr Dhaoghal, an Cléir Obar-neithich, far an do chaochail e an 1911.

Iain Barnett (1878–1885).

Mac tuathanaich ann an Ruigh-sholuis ; shuidhich e ann an Sildeag an 1857 ; chaidh e do Chill Bhriannan an 1861 ; do'n eaglais Ghàidhlig an Grianraig an 1876 ; agus an sin do Loch-Aillse, ach dh'fhàg e Loch-Aillse a dhol do Chill Chomain, an Ile, far an do chaochail e an 1895.

Iain Mac an Toisich Mac Dhaibhidh (1886–1909).

Bha e air oileanachadh an Obar Dheathain ; air a shuidheachadh an Gleann Comhann an 1876 ; á Gleann Comhann chaidh e do Stainseal 's an Eilean Sgitheanach an 1882, agus á Stainseal do Loch-Aillse. Ann an 1909 leig e dheth a dhreuchd, is shiubhail e am Fodhratidh an 1916.

Iain Mac Gilleathain (1910–).

*An àitibh aoibhneach thuit mo tìon
'S leam oighreachd bhreagh nach gann*

Gu ma fada a mhealas e i !

* * * * *

An uair a thàinig an eaglais Shaor a mach an 1843 bha eaglais air a togail an Aird-eilbh, is ministear air a shuidheachadh innte an 1844. Bhiodh e a' searmonachadh uair mu seach an Dòrnidh agus an Aird-eilbh. An 1850 bha còimhthional Loch-Aillse agus còimhthional a' Phluic air an cur fo'n aon mhinistear a bha air

a shuidheachadh anns a' Phloc, ach an 1856 bha riaghailt ùr air a dheanamh, gu'm biodh ministear a' fuireach ann an Loch-Aillse, agus gu'm biodh muinntir na h-eaglaise Saoire an Cinn t-sàile agus an Gleann-seile air a chùram. Ach cha robh e air a shuidheachadh gu 1862.

Ministearan na h-eaglaise Saoire

Alasdair Mac Leoid (1844–1846).

Rugadh an Asainn e ; bha e air a shuidheachadh 's an eaglais Ghàidhlig an Dun-deagh an 1819 ; chaidh e do Chrombagh an 1821 ; a dh' Uig an Leodhas an 1824, agus do Loch-Aillse an 1844. Chaidh e do sgìr Raoghaird an 1846, is chaochail e an 1869.

Iain Mac-a-Phearsoin (1862–1876).

Rugadh am Barraidh e, is bha e air a shuidheachadh an Loch-Aillse an 1862. Chaidh e do Chaladair an 1876 ; bha e pòsda dà uair.

Alasdair Mac Colla (1877–1899).

Rugadh an Loch Carrann e an 1815 ; bha e air a shuidheachadh an Dùirinis, anns an eilean Sgitheanach, an 1852 ; chaidh e do Chill-Chuimein an 1870, agus do Loch-Aillse an 1877. Shiubhail e an 1889.

Aonghus Galbraith (1893–1900).

Rugadh e an Cinn-tìre. Bha e air a shuidheachadh an Rathasaidh an 1867 ; chaidh e do'n Toisigheachd an 1890, agus do Loch-Aillse an 1893. An àm an Aonaidh as an do rinneadh an eaglais U.F. sheas e a mach is dh' fhan e anns an eaglais Shaoir. Bha e 'na Mhoderàtor innte an 1903. Shiubhail e an 1909.

Coinneach MacRath (1912–1928)

Bha e an Gleann-seile agus an Cille-Chuimein m'an deachaidh e do Loch Aillse, sgìr a dhùthchais. Chaochail e an 1928.

Pàdraig Siosalach (1932–)

Am Buachaille Maith

Is mise am Buachaille maith.—EòIN X

I. Is e aon de chomharran a' bhuchaille mhaith, tlachd a bhi aige 'na obair. Is docha leis an fhear-tuarasdail a thuarasdal no na caoraich, is bhiodh e a cheart cho toilichte aig obair eile na 'm faigheadh e uiread tuarasdail. Is beag aige cor an treud làimh ri chomhfhurtachd fhéin. Cha chaill e cadal na h-oidheche ged nach biodh sgeul air cuid de na caoraich, is cha chuir e a bheatha ann an cunnart air an son. Cha b' urrainn e a ràdh mar thubhairt Buachaille Israeil—*Bha do sheirbhiseach ag ionaltradh chaorach athar, agus an uair a thàinig leòghann no math-ghamhainn, agus a thug e uan as an treud ; chaidh mi nach 'na dhéidh agus shaor mi as a bheul e.* B' e sin

spiorad Chrìosd. Bha tlachd aige 'na obair Ghabh e os làimh i gu toileach. Chan e a ghlòir féin a bha aige 's an t-sealladh ach glòir an Athar agus maith nan caorach. Cha ruigeadh E leas a bhi 'na bhuchaille idir mur b' é sin a thoil féin, agus bu leòr an duais leis fhios a bhi aige gu robh an treud sàbhailte. Cha b' ann 'na aindeoin a ghabh e os làimh 'obair, ach a chionn gu 'n do ghràdhaich e an treud, agus eadhon an uair a b' éiginn dha a bheatha thoirt airson nan caorach, bha aoibhneas a' cur thairis. Tha toilintinn an t-seirbh isich mhaith na's motha ann a bhi faicinn 'obair a' soirbheachadh no ann a bhi faotainn a thuarasdail. Tha e 'na mhór aoibhneas do

Chriosd a bhì faicinn toradh saothair anama. An uair nach 'eil cor an treuid mar bu mhaith leis tha a chridhe làn bròim. Ghuil e os cionn Ierusalem 'nuair a smuainich e air cor brònach a' bhaile, ach an uair a thugadh fios d'a ionmsuidh, gu robh cuid de na caoraich a bha cailte air am faotainn, tha sinn a' leughadh gu 'n do rinn e gàirdeachas 'na spiorad agus gu 'n do mhol e Dia. Bha spiorad an fhìor bhuachaille air a ghiùlan, agus bha briathran an fhàidh air an coimhionadh ann :—" Air sgàth Shìoin cha bhì mi am thosd, agus air sgàth Ierusalem cha ghabh mi fois ; gus an téid a fireantachd a mach mar an solus dealrach, agus a slàinte mar leus lasarach."

II. Dhearbh am buachaille maith a dhìlseachd le bàsachadh air son nam caorach. Cha b' urrainn gràdh dol na b' fhaide. Dh' fhaodadh gràdh gu leòir a bhì aig duine d'a charaid goirid air gu 'n leigeadh e sìos a bheatha as a leth, ach is e glòir an t-Slànuighir gu 'n do ghràdh-aich e a bhràithrean gus an ceum as fhaide mach. O'n uair anns an d' thug esan suas an deò air Calbhari tha an saoghal dearbhata gu bheil gràdh Dhé do-rannsachichte. Tha e gun cheam, gun chrich. Tha e o shìorruidheachd gu sìorruidheachd, agus mar nach robh toiseach aige, cha bhì deireadh aige. 'Nuair a bheachd-smuainicheas sinn air gràdh Dhé tha sinn mar gu 'm biodh a' chlànn bheag ri taobh na mara nach urrainn a ràdh ach—*O fad, agus lend, agus farsuingeachd a' chuain, cha ghabh e tomhas.* Their daoine gu bheil comharran anns a' chruthachadh mu 'n cuairt oirn gur gràdh Dia. Chan 'eil teagamh nach 'eil sin fìor, ach is e an t-aon chomharadh cinnteach, *bàs Chriosd.* Tha Dia a' moladh a ghràidh féin duinne, do bhrìgh, an uair a bha sinn fhathast 'n arpeacaich, gu 'n do bhàsaich Crìosd air ar son. Cha b'e na tàirngcan a chuir na saighdearan 'n a làmhnan agus 'n a chasan a cheangail Crìosd ris a' chrann-cheusaidh ach a *ghràdh féin.* Shaor e daoine eile ach cha saoradh e féin. Dh' fhaodadh e an cupan searbh a chuir bhuaith ach cha do rinn e sin, do bhrìgh gur h-ann a dh' òl a' chupain a thàinig e do 'n t-saoghal. Cò is urrainn labhairt air gràdh Chriosd mar bu chòir, no an dara leth d' a shaoibhreas a thoirt gu solus ! B'e sin dìomhaireachd na diadhachd a rannsachadh. Na 'm faighcadh duine sealladh air gràdh an t-Slànuighir 'na iomlanachd, cha seasadh a chridhe ris an fhoillseachadh glhòrmhor ; thuiteadh e air aghaidh air an làr gun chainnt mar neach marbh. Tha a ghràdh-san a' dol os cionn eòlais nan ainglean, agus ged nach fhaic sinn ach oisein beag d' theth, is leòir sin fhéin gu toirt oirn tuiteam air ar glùinean. ag ràdh mar thubhairt Eoin—" *Dhàsan a ghràdhach sinn agus a shaor sinn o ar peacaidhean le fhuil fhéin, dhàsan gu robh glòir agus cumhachd gu saoghal nan saoghal.*"

III. Is aithne do 'n Bhuachaille a chaoraich. Tha cunntas aige air an fheadhainn a tha sàbhailte 's a' chrò, ach tha cunntas aige cuid-eachd air an fheadhainn a tha mach air na raointean. Ged chaidh iad air seachran, agus ged dh' fhaodas iad a bhì 'nam fògarraich fad air falbh o'n bhaile, cha luaithe a chluinneas iad guth a' bhuachaille na dh' aithnicheas iad e. Tha sinn an duil gur e bha Crìosd a' ciallachadh leis an fhacal so—*gu bheil ni-eigin ann féin agus ann an anam an duine a tha freagairt d' a chéile.* Tha iad air an deanamh airson a chéile, agus gus an coinnich iad cha bhì anam an duine sàsuichte, is cha bhì aoibhneas Chriosd làn. Mur b'e agus gu bheil ni-eigin ann an cridheachan dhaoine a tha ag innsadh dhaibh gur esan am buachaille ceart, chan éisdeadh iad r'a ghuth. Eadhon ann an tìr chéin cha dì-chuimhnich am fògarraich bochd an dachaidh o'n d' thàinig e. Ged b' ann air a' mheadhbon-oidheche, is gun fuithair aige ris, a chluinneadh e guth athar, dh' aithnicheadh e an guth. Eadhon an uair a tha daoine 'g an toirt féin thairis do 'n pheacadh, tha ni-eigin 'n an cridhe a' toirt fianuis air an Dia a thréig iad. Rinn Dia an t-anam air a shon féin, is cha bhì fois aig an anam as eugmhais Dhé. Tha seann chàirdeas eatorra nach urrainn iad a dhì-chuimhneachadh. Ged nach biodh gnothuch aca r'a chéile fad iomadh bliadhna, cha luaithe thig iad dlùth d'a chéile na their Dia—*Is leamsa thu,* agus their an t-anam—*Is leatsa mi.* Tha am Buachaille ag aithneachadh nan caorach, is tha na caoraich ag aithneachadh a' Bhuachaille. Ach ged tha e fìor gur h-aithne do shùil a' Bhuachaille a chomharradh féin eadhon air na caoraich chaillte a tha air an reubadh leis na drisean, no air an salachadh le eabar is poll, tha aithne as fheàrr aige ar na caoraich a tha daonnan fo shùil anns a' chrò. Tha eòlas aig Dia air a shluagh. Bu chòir sin a bhì 'na mhìsnich dhaibh, ach bu chòir e bhì dhaibh 'na chronachadh mar an ceudna. Tha eòlas Dhe oirn an dà chuid 'n a mhìsnich agus 'n a eagal. Air uairean their sinn—*O nach robh mo chridhe fòluichte o shùil Dhe.* Ach uairean eile their sinn—*Moladh do Dhia gur h-aithne dha mo chor mar nach aithne do dhaoine.*

Chaidh sinn uile mar chaoraich air seachran. Tha cuid de na caoraich cho fad air chall s' nach bu lugha na 'm Buachaille maith fhéin nach tugadh suas dùil dhiubh. Ach feadh chreag is shloc tha Esan a' dol as an déidh, *gus am faigh e iad.* Cha sgithich a ghràdh, agus cha stad a shiubhal. Ged nach d' fhosgladh an doras dha an dè, feuch tha esan 'na sheasamh aig an doras an diugh, agus a' bualadh. Faighidinn agus caomhalachd agus gràdh Chriosd—nach bu chòir gu 'n leaghadh iad an cridhe as cruaidhe !

Comh-chruinneachadh Spioradail

BHO chionn bhliadhnanan tha mòran Bhràithrean anns an àirde Tuath a' gabhail ùigh anns a' chomh-chruinneachadh spioradail so a tha coinneachadh a h-uile foghar an Srath Pheofhair. Bithidh na coinneamhan a' tòiseachadh am bliadhna air feasgar Di-haoine, an t-aona là fichead de September. Is ann air son na h-òigridh a bhitheas na coinneamhan o Dhi-haoine gu Di-Luain, ach air Di-Luain bithidh na coinneamhan-móra a' tòiseachadh agus a' dol air aghaidh gu Di-ardaoin.

Air son na h-òigridh

Di-haoine, 21^{mh} là de September.—Coinneamh aig ochd uairean 's an fheasgar.

Di-Sathuirn, 22^{mh} là de September.—Coinneamh aig deich uairean, aig ceathramh an déidh aon uair deug, agus aig seachd uairean.

Di-Dòmhnach, 23^{mh} là de September.—Coinneamh aig trì uairean, agus aig leth-uair an déidh seachd.

Bithidh na daoine so a' labhairt aig coinneamhan na h-òigridh,

An t-Ard-Urramach Easbuig Taylor Smith, K.C.B., D.D.;

An t-Urramach Laurence P. Sheath, L.Th.;

H. Cecil Duncan (as na h-Innsibh an Ear);

Seumas E. Duncan, M.A., agus feadhainn eile.

Bhitheadh an t-Urramach H. W. Oldham, am Baile-Dhubhaich, an comain na feadhach aig a bheil dùil a bhi làthair na'n cuireadh iad fios thuige cho tràth 's is urrainn daibh. Ma ni iad sin bithidh ullachadh air a dheanamh air an son ann an tighean freagarrach; cha chosd e dhaibh ach còig tastain dheug o fheasgar Di-haoine gu maduinn Di-Luain, no deich tastain o Dhi-Sathuirn gu Di-Luain.

Na Coinneamhan Fosgailte

Di-Luain, 24^{mh} là de September.—Coinneamh-ùrnuigh aig trì uairean, is coinneamh-fheasgair aig ochd.

Di-Màirt, 25^{mh} là de September, Di-ciadaoin, 26^{mh} là de September, Di-ardaoin 27^{mh} là de September.—Coinneamh ùrnuigh a h-uile maduinn aig leth uair an déigh seachd, agus coinneamhan fosgailte aig aon uair deug, aig trì uairean agus aig seachd.

Bithidh R. B. Stewart anns a' chathair aig na coinneamhan, is bithidh na daoine so a' labhairt, agus theagamh feadhainn eile

An t-Easbuig Taylor Smith, K.C.B., D.D.

An t-Urramach I. E. Houston, B.D.

An t-Urramach L. P. Sheath, L.Th.

Tha ùrnuighean slugh an Tighearn air iarraidh an dòchas gu'm bi beannachd agus cumhachd an Spioraid Naomh le saothair agus briathran nan daoine a tha dol air cheann nan coinneamhan so, agus an dòchas gu'm bi comh-chruinneachadh Srath-Pheofhair 'n a mheadhon air obair an Tighearn ath-bheòthachadh anns an dùthaich.

Mòran Sheirbhiseach ach aon Obair

Aig a' choinneamh mhóir a bha aig na boirionnaich ann an Talla Usher, an uair a bha an t-Ard-Sheanadh cruinn an Dùn-éideann am bliadhna, bha cothrom air a thoirt do gach meur de Chomuinn nam ban anns an eaglais cunntas goird a thoirt air an obair féin, los gu'm faiceadh agus gu'n tuigeadh daoine gur e an aon obair anns a bheil làmh aig muinntir na h-eaglais uile, ciod air bith an ceàrn de'n dùthaich no de'n t-saoghal anns a bheil iad a' saothrachadh.

Bhruidhinn a' bhean-uasal, S. M. Nic Phàil, air son na Gàidhealtachd agus air son Comunn Gàidhealach nam ban; am measg nithean eile a thubhairt i thubhairt i gu robh iomadh ceangal blàth agus ceangal làidir eadar a' Ghàidhealtachd agus dùthchanna céin a thaobh craobh-sgoileadh an t-soisgeil. Thug a' Ghàidhealtachd do na dùthchanna thall trì soisgeulaichean ainmeil; Alasdair Duff do na h-Innsibh an Ear, agus Daibhidh Mac-an-Léigh agus Dòmhnall Friseal do Africa.

Is ann as an eilean Sgitheanach a bha a' cheud bhana-mhisionaraidh a chaidh a mach mar dhotair do na h-Innsibh an Ear o'n eaglais Shaoir, Matilda Nic Phàil. B' e a bu cheann-riche do 'n obair air an do thòisich Matilda Nic Phàil gu'n do chuireadh air chois an t-ospidail mòr sin ann am Madras a tha air ainmeachadh air a bhean-uasail, Miss Rainy. Bha e air ainmeachadh oirre-se a chionn gu'm b'e a làmh agus a cridhe-se na càirdean a b' fheàrr a bha aig obair shoisgeulach nam ban an dùthchanna céin, fad iomadh bliadhna anns an eaglais Shaoir. A thuilleadh air sin b'e Miss Cairistiona Rainy an Cléireach a bha aig Comunn Gàidhealach nam ban fad dheich bliadhna fichead. B'e a' cheud Chléireach aig a' Chomunn a' bhean-uasal, Barbara Abererombie.

Dh' ainmich Miss S. M. Nic Phàil cuideachd gu robh ban-sgoilear a Léodhas, caileag òg aig an robh Gàidhlig a' dol a mach do Mhadras a theagas ann an sgoil na h-eaglais, agus gu'n deachaidh té eile a Léodhas a mach do Chalcutta an uiridh, is té do Ialna air a bhò'n-uiridh.

Leis an dà chaimnt a bhi aca, agus leis gu bheil iad féin air an togail ann an dachaidhean anns a bheil seann chleachdaidhean caomhail air an cumail suas, tha e furasda do Ghàidheil faotainn suas ri muinntir na h-àird an Ear agus dol an dàimh chàirdeil riu.

Tha iomadh ceàrn ann an China, anns an Afric, anns na h-Innsibh an Ear, a' gairm air òigridh na Gàidhealtachd an diugh, Thigibh thairis is cuidichibh leinn. Ciod an obair eile as fheàrr do dhuine òg a làmh a chur rithe na obair Chrìosd, ma thug e a chridhe féin do Chrìosd?



Cha do chaisg esan iad

“Bheir mi breith air a thigh gu bràth air son na h-àingidheachd air am bheil e fiosrach; a chionn gu’n d’ thug a mhic masladh dhomhsa, agus nach do chaisg esan iad.”—1 SAMUEL iii. 13.

AH-UILE bliadhna tha fios a’ tighinn gu Ministearan na h-eaglais á Dùn-éideann, ag iarraidh oirm eairil a thoirt do phàrantan air Sàbaid shònruichte a thaobh teagasg agus smachdachadh an cloinne.

Co dhìu a tha na h-earailean bliadhna sin a’ deanamh maith no nach ’eil tha fhios aig an t-saoghal gu bheil feum orra, oir is annamh teaghlach an diugh anns a bheil na pàrantan a’ riaghladh an teaglaich le ùghdarras is gliocas. Tha a’ chlam air am fàgail aig an toil féin a chionn gu bheil na pàrantan leasg agus gun sgoinn.

Anns na làithean so tha e duilich, eadhon do dhaoine tuigseach, teaghlach a riaghladh gu ceart, is cha ghabh e deanamh gun saothair, no gun chùram, no gun ghliocas. Ach tha gu leòir de dhaoine a’ pòsadh agus a’ dol air cheann teaghlach a tha gu nàdurra ’n an gaotharain amaideach gun sgoinn; daoine a tha làn thoilichte teagasg an cloinne fhàgail uile gu léir aig a’ mhaighstir-sgoil, aig an sgoil-Shàbaid, agus aig a’ chonastabal.

Mu mheadhon na h-ochdamh linn deug chuir ministear a bha an Dùn-deagh, an t-Urramach Eoin Willison, a mach *Leabhar-Cheist do Mhà-thraichean*, air an robh meas mór anns a’ Ghàidhealtachd, agus a bha air uisneachadh gu farsuing air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan le màthraichean diadhaidh ann an teagasg an cloinne. Anns na seann làithean cha saoilleadh pàrantan glic a bha togail teaghlach gu robh an tigh aca air uidheamachadh gu ceart mur robh an leabhar so ann, no leabhar eile de’n t-seòrsa, a chuidicheadh leò a’ chlam a theagasg. Ach cò an nigean no an gille anns a’ Ghàidhealtachd an diugh a smuainicheadh air leabhar Eoin Willison fhaotaim am measg na h-airneis a bhios iad a’ ceannach aig àm am bainnse? Nì iad ullachadh air son nithean eile, ach cha dean iad ullachadh air son an clann a theagasg ann am fìrinnean an t-soisgeil.

Am bliadhna tha e air iarraidh oirm an dara Sàbaid de October a chur air leth, gus aire dhaoine a tharruing gu obair na h-eaglais am measg na h-òigridh, agus gu sònruichte eairil a thoirt do phàrantan a thaobh an dleasdanas d’an cloinn anns an t-soisgeul.

* * * * *

Bu mhaith an gnothuch e na’n robh an naidheachd a tha ag innseadh mu bhreitheanas Dhe

air tigh Eli air a sgrìobhadh air duilleig, an litrichean móra dearga, agus air a cur an làmhan phàrantan air an t-Sàbaid sin. A mach o’n dòigh anns an do thog e a theaghlach bha Eli ’na dhuine maith, agus ’n a dhuine diadhaidh cuideachd. Bha e ’n a shagart agus ’n a bhreitheamh ann an Israel, is choimhlon e an dá dhreuchd sin gu h-iriosal agus gu treibhdhireach. Is aithne dhuinn fichead rud uime a tha chum a chliù. Nach b’ uasal agus nach bu chaomhail a labhair e ri Hannah an uair a chunnaic e gu robh e ceàrr ann a bhi saoil sinn gu robh i air mhisg! Nach b’ uasal agus nach bu chaomhail cuideachd a labhair e ri Samuel an uair a chunnaic e gu’n do ghairm Dia e! Cha robh a leithid de ni agus farmad ’n a chridhe. An àite gamhlas a bli aige ris a’ ghille òg a bha dol ’ga chur bhàrr a’ chrùn, mar gu’m b’ eadh, is ann a chuidich e leis rùintean Dhe a thuigsim.

Tha mi an dùil gur e so an fhàiling as eumanta am measg dhaoine, gu bheil iad deas gu saobhneas a ghabhail ma chuirear duine eile air thoiseach orra. An goirteachadh as lugha a nithear air am féin-spéis, gabhaidh iad anns an t-sròin e. Neò-ar-thaing nach bi iad geanaidh dichìollach cho fad ’s a gheibh iad sgiobaireachd is command, ach ma chuirear duine eile air thoiseach orra, gabhaidh iad saobhneas is tilgidh iad an obair as an làmh. Ach cha robh aon bhoinne de’n spiorad sin an Eli; cha do ghabh e saobhneas ri Samuel no ri Dia an uair a thàinig facal an Tighearna gu Samuel an àite tighinn thuige féin. Bha e searbh air gun teagamh a bhi air a chur as an rathad, agus balach fhaicinn air a chur air thoiseach air, ach cha do ghabh e fearg no saobhneas, agus cha mhò a rinn e gearan. An so uile cha do pheacaich Eli le bhilìbh.

Chan ’eil e furasda do dhaoine a tha cleachdte ri urram a bhi air a thoirt daibh deanamh as eugmhais, oir ionndrainnidh an cridhe brosgul mar a dh’ ionndrainnicheas a’ bhòdbig biadh. Ach ghiùlain Eli e féin gu h-uasal agus gu diadhaidh an uair a dh’ innseadh dha gu robh e a’ dol a chall a dhreuchd agus a ghloir shaoghalta. “*Is e toil an Tighearna ata ann,*” ars’ esan, “*deanadh e mar chi e ionchuidh.*”

Cia meud duine de na bhios a’ leughadh na duilleig so a b’urrainn sin a ràdh o’n cridhe, na’n robh iad ’n a àite?

Ach ged nach urrainn duinn gun truas agus co-fhaireachduinn a bhì againn ris an t-seann duine so anns na trioblaidean a thàinig air chan fhaodar a lethsgèul a ghabhail no a chunntas neo-chiontach, oir bha e air a dhìtheadh le Dia, am Breitheamh uile-fhiosrach nach toir a mach ach bim cheart.

Bha Eli coltach ri iomadh neach anns na làithean so féin ; dh' fheuch e ris an staid agus an eaglais a riaghladh ach rinn e dearmad air a thigh féin a riaghladh. Sin aon de na peacaidhean as trice anns a bheil móran dhaoine, agus gu sònruichte ministearan, a' tuiteam an diugh ; gabhaidh iad os làimh fichead rud an taobh a mach d'an teaghlach no d' an coimhthional féin a ni e eu-comasach dhaibh sealltainn as déidh an teaghlach no an coimhthionail mar bu chóir daibh. A bheil cuimhne agad, a leughadair, air an fhacal ud anns a' Bhiobull, "*Rinn iad coimheadaiche nam fion-lios dhìom : am fion-lios bu leam féin cha do choimhid mi.*"

An duine nach 'eil a' deanamh a dhleasdanas gu dìchiollach aig a' bhaile (co dhiu a tha sin a' ciallachadh a theaghlach féin no obair féin) chan 'eil ann dha ach saothair dhìomhain a bhì driopail air falbh o'n bhaile. "*Tha shùilean amadain an iomall na talmhainn.*"

Bha clann Eli 'n an cùis-bhruidhne agus 'n an culaidh-nàire ann an Israel ; air cheann na cuideachd anns gach baoghaltachd is rantaireachd a bha dol air aghaidh. Bha fhios aig an athair air an dol a mach a bha aca, ach ma bha, cha do chaisg e iad, agus mu dheireadh thug an droch chaitheamh-beatha air daoine tarceis a dheanamh air dreuchd na sagartachd agus air seirbhis an teampuill. Ach cha do chuir Eli fo smachd iad. Air a shon so, chan urrainnear a lethsgèul a ghabhail, oir bu chóir dha maith na h-eaglais is deagh chliù na sagartachd a chur air thoiseach air buannachd shaoghalta d'a theaghlach.

Ach ma dhùin Eli a shùilean agus a chluasan air eagal gu'm faicheadh no gu'n cluinneadh e uile aingidheachd a chloinne, cha do dhùin Dia a shùilean. Tha gnùis an Tighearna gu bràth an aghaidh aingidheachd. "*Feuch nì mi ann an Israel,*" arsa Dia, *nì a ni gaoidh ann an dà*

chluis gach neach a chluinneas e ; bheir mi breith air a thigh gu bràth, air son na h-aingidheachd air an robh e fiosrach ; a chionn gu'n d' thug a mhic mallachd orra féin, agus nach do chaisg esan iad."

Bha am bagradh so air a choimhionadh an da rìreadh, oir thug Dia thairis Israel do na Philistich ; bha Hophni agus Phinehas air am marbhadh, agus àirc Dhe air a glacadh agus air a toirt air falbh le sluagh coimheach. Agus a chur an tuilleadh gaoidh ann an cluis gach neach a chual an naidheachd bho chd sin thuit Eli féin is bhris e amhach.

A chionn nach do chaisg Eli a mhic, agus nach do smachdaich e iad an àm, mhill e am beatha, mhill e a bheatha féin, mhill e a dhùthaich, agus rud as mìosa air fad, mhill e aobhar Dhe ann an Israel. Sin an leasan a tha beatha an duine so a' teagasg, is tha sòluimteachd an leasain air a dhùblachadh an uair a chuimhnichear nach ann do dhroch dhuine a thachair so idir ach do dhuine maith ; duine a bha iriosal is diadhaidh. *Ma nìthear na nìthe so ris a' chrann ùr, ciod a nìthear ris a' chrìonaich ?*

* * * * *

Fèoraich de na h-ainmhidhean agus teagaisgidh iad thu, agus de eunlaith nan speur agus innsidh iad dhuit. Gabhaidh eadhon an coinean agus am madadh-ruadh, agus uile chreutairean na mach-rach, saothair agus dragh gus an àl a theagasg. Nach sona a bhìtheas na parantan sin as urrainn a ràdh am fianuis Dhe, "*A' chlann a thug thu dhomh, cha do chaill mi aon diubh*" ? Athair no màthair nach bi a' bruidhinn ri 'n cloinn mu Dhia agus mu Chrìosd, agus nach fhacas riamh air an glùinean maille ris a' chloinn aig aoradh teaghlach, tha iad na's mìosa na na cinnich. B' fheàrr dhaibh nach do phòs iad riamh ; b' fheàrr dhaibh gu robh clach air a cur m' an amhaich agus gu robh iad air am bàthadh m' an d' thug iad a steach do'n t-saoghal clann ris nach do ghabh iad dragh 'g an teagasg.

Do na leanaban tha ùghdarras agus dearbhachd agus blàths ann an teagasg a' Bhiobuill, an uair a chluinneas iad e o'n athair agus o'm màthair, nach 'eil idir ann mu chluinn iad e ach o mhaighstir-sgoil no o mhinistear.

Ministearan na Hearadh

CHAN 'eil fhios cò a thug sgeul an t-soisgeil do na Hearadh an toiseach, no c'uin a thugadh ann e. Tha seann eaglais na sgìreachd, an Sgarasta, air a h-ainmeachadh air Brìghde, ban-naomh a bhuineadh do Eirinn, ach chan 'eil e coltach gu robh ise no gin eile de na naomh a tha air an ainmeachadh air seann làraichean, an eilean Tharasaidh agus an àitean eile, anns na Hearadh riamh.

Cha mhò a bha Cliamain air a bheil an eaglais mhór ann an Ròdul air a h-ainmeachadh anns na Hearadh riamh. Bha là ann a bha Ròdul 'n a àite naomh agus 'n a àite ainmeil, oir bha abaid is manachainn ann a bha 'n am màthraichean do na h-eaglaisean beaga eile agus do na ceallan a bha air an suidheachadh an sud agus an so air feadh nan Eileanan Tuathach.

Ach ged is nàrach e ri ràdh, tha eaglais

Ròduil an diugh fuar agus fàs; far am b' àbhaist manaich a bhi seinn nan salm cha chluinnear an diugh ach sgreachail na caillich-oidheche ann an Tùr Mór Chliamain, is far am b' àbhaist maithéan is uachdarain a bhi air an tiodhlacadh tha na feanntagan an diugh cho àrd 's nach urrainn duit na h-ainmean a tha air na leacan a leughadh. Anns na seann làithean bha teaghlach Dhun-bheagain agus uaislean eile de Chloinn Mhic Leoid air an tiodhlacadh an eaglais Ròduil, is tha e air a ràdh gur ann an Ròdul a bha Màiri nighean Alastair Ruaidh air a tiodhlacadh.

Cha mhaith an comharradh e air diadhaidheachd na Gàidhealtachd gu bheillear a' deanamh dearmaid air a' bheagan a tha againn de sheann eaglaisean agus de sheann làraichean, a ghabhadh deanamh maiseach. Bheireadh an Eaglais Phàpanach mìltean a dh' airgid na'm faigheadh i Ròdul air ais, agus na'n robh Ròdul aig an Eaglais Phàpanaich, cha b' fhada gus an deanadh i sgiambach is maiseach an eaglais a tha sinne a' fàgail fuar agus fàs; bhithheadh aoradh agus ùrnuighean air an tairgsinn do Dhia innte air Sàbaid agus air làithean seachduin.

Bha eilean Hiort air a cheangal ri sgìreachd na Hearadh uair-eigin anns an t-sèathamh linn deug.

Calum Mac-a-Phearsoin (1566-?)

B'e so a' cheud mhinistear a bha anns na Hearadh; bha e air a chur ann le Iarla Earra-ghàidheal.

Iain Mac-a-Phearsoin (1625-1661)

Cha robh e faicealleach no dicheallach 'n a bheatha no 'n a obair, is bha e uair no dhà fo smachd na Cléire.

Iain Caimbeul (1670-?)

A thuilleadh air a bhi air a shuidheachadh an eaglais Chliamain an Ròdul bha Barraidh air a chùram, is bhithheadh e air uairean a' fuireach am Barraidh.

Iain Caimbeul M.A. (1689-1707)

Thàinig e as déidh athar. Bha e air oileanachadh an Oil-thigh Ghlaschu.

Amhladh Mac Amhlaidh, M.A. (1713-1751)

Leòdhasach a bha air oileanachadh an Oil-thigh Dhùn-éideann. Bha e air a shuidheachadh an sgrì Thiriodh agus Cholla an 1704; á Tiriodh chaidh e do na Hearadh an 1713, is chaochail e an 1758. Phòs e nighean do Choinneach Moireasdan, a bha 'n a mhinistear an Steòrnabhagh, is bha trìuir mhac aige. Bha dithis dhiubh 'n am ministearan; Iain an Cardrois, agus Coinneach an Aird nam Murchann, an déidh dha a bhi 'n a fhear-cuideachaidh aig athair.

Coinneach Mac Amhlaidh, M.A. (1750-1761)

Rugadh e an 1723; bha e air oileanachadh an Obar Dheathain; air a chur air leth gu dreuchd na ministrealachd le Cléir Uibhist, agus air a shuidheachadh anns na Hearadh an 1750, mar fhear-cuideachaidh d'a athair. An 1761 dh' fhàg e na Hearadh is chaidh e do Aird na Murchann; á Aird nam Murchann chaidh e do Chaladar an 1772, far an do chaochail e an 1779. Bha e pòsda, is bha còignear de theaghlach aige; bha a mhac bu shine, Niall, greis na mhissonaraidh anns na Hearadh. Ann an 1759 chaidh e air thurus do Hiort, is sgrìobh e leabhar mu dhòighean muinntir an eilein, leabhar a bha air a mholadh le duine a b' fhiach fhacal éisdeachd ris, an t-Ollamh Mac Iain. Thug Boswell an leabhar so do'n Ollamh 'g a leughadh m' an deachaidh iad air an turas do'n Ghàidhealtachd an 1773. Chòrd an leabhar ris gu maith, ach an déidh làimhe, an uair à thadhaill e air Coinneach Mac Amhaidh 'n a thigh féin an Caladar, ghabh e barail cho bochd air 's nach creideadh e gur e a làmh a sgrìobh an leabhar idir. Bha Boswell de'n cheart bheachd; thubhairt e gur e Iain Mac-a-Phearsoin, D.D., ministear Shléibhte, a sgrìobh an leabhar, agus nach do rinn Mac Amhlaidh ach innseadh dha na nithean a chunnaic e an eilean Hiort.

Uilleam Mac Coinnich, M.A. (1762-1765)

Cha robh e ach trì bliadhna anns na Hearadh; chaidh e do Asainn an 1765. Bha e 'n a sgoilear maith; 'n a mhaighstir-sgoil an Steòrnabhagh greis an déidh dha crìochnachadh an Oil-thigh Obar Dheathain. Fhuair e cead-searmonachaidh bho Chléir Dhùn-éideann, is liubhair e a' cheud shearmon a rinn e riamh ann an Eaglais Ard Dhùn-éideann. Phòs e nighean do Phàdruig Grand, ministear Lagaidh, is bha aona duine deug de theaghlach aca. Sgrìobh Uilleam Mac Coinnich cumtas air sgrì Asainn; ach mar mhinistear chaidh e gu neoni.

Ruairidh Mac Leoid (1765-1768)

Sgitheanach a bha air a chur air leth gu dreuchd na ministrealachd le Cléir an Eilein Sgitheanaich an 1763; air a shuidheachadh anns na Hearadh an 1765, ach dh' fhàg e na Hearadh is chaidh e do Bhràcadal an 1768. Phòs e nighean do Dhòmhnull Mac Cuinn, ministear Chill Mhuire, am ministear a b' ionnsaichfe agus a b' ainmeile anns a' Ghàidhealtachd 'n a latha, is bha trìuir de theaghlach aca. Chaochail e an 1812.

Aonghus Beutonach, M.A. (1768-1771)

Mac do Iain Beutonach a bha 'n a mhinistear an Gleann Seile; bha e air oileanachadh an Obar Dheathain agus air a chur air leth gu dreuchd na ministrealachd le Cléir Gheàrr

Loch, no mar theirear an diugh Cléir Loch Carrann. Bha e air a shuidheachadh anns na Hearadh an 1768, ach chaidh e do sgrì Alanais, an siorramachd Rois an 1771. Phòs e nighean do Chòirneal Mac an Rothaich, Luim an Làir, is bha deichnear chloinne aca. Bha fear d'a mhic, Eachann, 'n a mhinistear an Ionar-pheofharan.

Iain Beutonach, D.D. (1772–1778)

Mac eile do mhinistear Ghleann Seile; chaidh e do na Hearadh as déidh a bhràthar, ach dh' fhàg e an sgrì an 1778 a dhol do Dhòrnach. Bha e 'n a sgoilear maith agus 'n a fhìor dhuin-uasal; thug Oil-thigh Obar Dheathain D.D. dha an 1812. Phòs e nighean do Joseph Mac an Rothaich, ministear Eadardun, is bha naoinear de theaghlach aca. Bha e 'n a mhinistear maith agus 'n a fhìor dhuine Cris-dail; a thaobh riaghladh na h-eaglais bha e air taobh nam Moderates.

Iain MacLeoid, D.D. (1779–1806)

Sgitheanach a bha air oileanachadh an Obar Dheathain; bha e air a shuidheachadh anns na Hearadh an 1779; chaidh e do Chill Mhaodan an 1806; á Cill Mhaodan chaidh e do Chill-Màrnag an 1809; á Cill Màrnag chaidh e do sgrì Dhùn Dòmhnuiull, dlùth do Ionar-Ar, an 1816. Thug Oil-thigh Obar Dheathain D.D. dha an 1795. Bha e pòsda dà uair; is chaochail e an 1841. Sgrìobh e cunntas air na Hearadh, agus cunntas cuideachd air an obair a bha Comunn nan Sgoilear a' deanamh anns a' Ghàidhealtachd. Bha sgeul bhrònach aige air an aineolas a bha ann an Leòdhas aig toiseach na naoieamh linn deug. Bha làmh aige ann an riaghladh na h-eaglais, is làmh aige cuideachd ann an ullachadh an Fhoclair Gàidhlig a bha air a chur a mach an 1828, le Comunn Gàidhealach na h-Albà.

Alasdair Beutonach, M.A. (1806–1831)

Rugadh e an Eilginn; bha e air oileanachadh an Obar Dheathain; 'n a mhissionaraidh an Diùrinis, 's an eilean Sgitheanach; shuidhich-eachd anns na Hearadh e an 1806, is chaochail e an 1831. Phòs e nighean do'n t-Siorram Dhòmhnullach a bha an Grisirnis, is bha sianar chlionne aca. Ri linn a' mhinistear so bha trì mìle duine ann an sgrì na Hearadh, ach thubhairt e nach robh ach dà cheud dhiubh sin a b' urrainn Beurla a leughadh, agus nach robh na bu mhò na sin a b' urrainn Gàidhlig a leughadh.

Iain Mac Iomhair (1832–1844)

Mac do Chailean Mac Iomhair a bha 'n a mhinistear an Gleann Eilg; bha e air oileanachadh an Obar Dheathain; air a shuidheachadh anns na Hearadh an 1832; as na Hearadh

chaidh e do Shléibhte an 1844, á Sléibhte chaidh e do Chill Mhuire an Trondairnis an 1851. Phòs e nighean do'n "Dotair Bhàn" a bha an Uibhist a Tuath, is bha dà dhuine dheug de theaghlach aca. Shiubhail e an 1869.

Uilleam Sutharlan, M.A. (1844–1846)

Cha robh e ach dà bhliadhna anns na Hearadh. Rugadh e an Dòrnach; bha e air oileanachadh an Obar Dheathain; bha e greis 'n a mhissionaraidh an Cill Chuimein; chaidh e do na Hearadh an 1844; as na Hearadh chaidh e do sgrì Lagain, an Cléir Obar Neithich an 1846; 'na dheidh sin chaidh e do Ionar-pheofharan far an do chaochail e an 1867.

Ruairidh Dòmhnullach (1847–1854)

Rugadh e an Ualigh an Uibhist a Tuath; bha e air oileanachadh an Oil-thigh Ghlaschu; air a shuidheachadh anns na Hearadh an 1847; chaidh e do Uibhist a Deas an 1854, far an do shaothraich e agus an do chaochail e an 1900. Phòs e nighean do Ruairidh Mac Gilleathain a bha 'n a mhinistear anns an sgrìeachd roimhe, is bha seachdnar de theaghlach aca. Is maith is aithne do luchd-leughaidh nan duilleagan so a mhac bu shine, an t-Ollamh Gilleasbuig Dòmhnullach, a bha an Cill Tàrlagain an Aird Mhic Shimi, seanachaidh agus sgrìobhadair Gàidhlig cho maith 's a tha anns an dùthaich. Cha b' e cheannach a rinn e, oir bha Maighstir Ruairidh, mar theirtedh ris, coimhlionta an Gàidhlig agus am Beurla, is comharraichte mar shearmonaiche am measg mhinistearan na Gàidhealtachd.

Iain Tormod Dòmhnullach (1855–1868)

Rugadh e am Beinn-na-Faodhla; bha e air oileanachadh an Oil-thigh Ghlaschu, air a chur air leth gu dreuchd na ministrealachd le Cléir Chinntire an 1854, agus air a shuidheachadh anns na Hearadh an 1855. Shiubhail e an 1868. Bha e air a ràdh gu'n do chruinnich e móran de bheul-aithris, de eachdraidh, agus de bhàrdachd na dùthcha, bho sheann daoine, ach ma rinn e sin, chan aithne dhomh ciod a dh' éirich do'n obair.

Teàrlach Mac Gilleathain, M.A. (1868–1880)

Collach a bha air oileanachadh an Obar Dheathain; chaidh e do Cheann Loch Luichart an 1854; a dh' Ullabol an 1856, agus do na Hearadh an 1868. Chaochail e an 1880. Bha e pòsda, is bha aona duine deug de chloinn aige, ach shiubhail cuid dhiubh 'n an leanaban. Bha té d' a nighean pòsda aig Dòmhnall Caimbeul, marsanta a bha anns an Tairbeart.

Dòmhnall Mac Gilleathain (1881–1909)

Tirisdeach a bha air oileanachadh an Oil-thigh Ghlaschu; bha e air a shuidheachadh an

Truimisearraidh, an Uibhist a Tuath, an 1869 ; chaidh e do Colasa an 1873, agus á Colasa do na Hearadh an 1881. Shiubhail e an 1914.

Iain Kerr (1914–1930)

Bha e de mhuinntir na Hearadh ; bha e greis 'n a fhear-cuideachaidh an Grianaig, agus greis 'n a mhinistear an Suirearaigh, an Gallaibh, m' an deachaidh e do na Hearadh an 1910, far an do shiubhail e an 1930. Tha na h-eaglaisean an Scarasta agus am Mànaïs a nis air an aonadh fo aon mhinistear, an t-Urramach Fearchar Ceanaideach, M.A.

* * * * *

An Eaglais Shaor

An 1843 thàinig ach beag a h-uile duine anns na Hearadh a mach leis an eaglais Shaoir. Anns na làithean ud b' e fìor cheannard spioradail an t-sluaigh, Iain Moireasdan, Gobha na Hearadh mar theirteadh ris. Bha e 'n a cheistear cho mhaith ri bhi 'n a bhàrd ; shiubhail e an 1852. Ann an 1847 bha ceithir mìle duine anns na Hearadh, ma chumntar na h-eileanan uile. Roinn an Eaglais Shaor an t-eilean eadar dà choimhthional, coimhthional Mhànaïs agus coimhthional an Tairbeart. B'e Alasdair Mac Dhaibhidh, no mar theirear gu cumanta, Alasdair Déibhiosdanach, a' cheud mhinistear a bha ann am Manais ; bha e ann bho 1852 gu 1892. Bha mac aige 'n a mhinistear, agus nighean pòsda ris an duine ghaolach, an t-Urramach D. T. MacAoidh a bha an Tiriodh.

Bha an t-Urramach Fearchar Ceanaideach M.A., air a phòsadh ri eaglais Mhànaïs an 1896, is tha e a' saothrachadh an sin fhathast, ach tha crìochan na buachailleachd aige a nis na's farsuinge.

An Tairbeart

Bha coimhthional an Tairbeart fada gun eaglais gun mhinistear ged bha e anabarrach làidir. Bha an eaglais agus am Manse air an togail mu'n bhliadhna 1860 Bha a' cheud mhinistear air a shuidheachadh anns an Tairbeart an 1862.

Mac an Tòisich Mac Aoidh, LL.D. (1862–1868)

B'e so ministear a b' ainmeile a bha riamh anns na Hearadh. Rugadh e an Eadar-dà-chaolais, an Cataibh ; mac do Chaipteann Alasdair MacAoidh agus do Eilidh Falconer, nighean do Alasdair Falconer a bha 'n a mhinistear na sgrìre an Eadar-dà-chaolais. Bha e air oileanachadh an Cill Rìmhinn agus an Glaschu, is bha e greis 'n a mhaighstir-sgoil am Port-Rìgh. An 1825 bha e air a shuidheachadh an sgrìre Lagain, an Cléir Obar Neithich ; as an sgrìre sin chaidh e do Dhum-omhain an 1832. Aig àm an Dealachaidh lean e ris an Eaglais Shaoir, is bha e

'n a Mhoderàtor air Seanadh na h-eaglais sin an 1849. Bho 1854 gu 1856 bha e air cheann coimhthional Gàidhlig am Melbourne, an Astralia ; agus bho 1856 gu 1861 air cheann coimhthionail, an Sydney ; bho 1862 gu 1868 bha e anns an Tairbeart. Chaochail e am Portobello an 1873.

Bha a pheann daonnan deas is bha e 'na sgoilear-Gàidhlig maith. Fad chòig bliadhna, 1845–50, bha e 'n a fhear-deasachaidh air an *Fhianuis*, is bha làmh aige anns an *Fhocclair* a chuir Comunn Gàidhealach na h-Alba a mach. An uair a bha e anns an Lagan bha balach òg air a chur thuige a dh' ionnsachadh Gàidhlig, agus theagamh gur e sin seirbhis a b' fheàrr a rinn e do'n Ghàidhlig riamh, oir b' e am balach ud Uilleam F. Skene, W.S., LL.D., aon de sgoilearan móra na h-Alba.

Ruairidh Mac Coinnich, M.A. (1868–1884)

Asainneach a bha air oileanachadh an Dùn-éideann ; an déidh dha bhi sè bliadhna deug 's an Tairbeart chaidh e do Bhaile Màiri.

Iain Mac Gilleathain (1885–1897)

Rugadh an Ile e ; bha e air a shuidheachadh am Mucàrna an 1856 ; an Càrlabhagh an 1858 ; an Srath-Fhairgeag an 1863, am Bac Leodhais an 1877 ; an Seasgann, an Arain, an 1880, agus anns an Tairbeart an 1885. Bha e pòsda dà uair, is chaochail e an 1900. Cò riamh a chuala an duine laghach so nach miannaicheadh a chluinntinn a ris ? Chan 'eil duine eile coltach ris an diugh beò. Ged bhiodh e a' toirt buillean troma air a' Phàpa cha robh Pàpa eile a bu smachdaile na e fhéin eadar an Tairbeart agus an Ròimh. Cha do theirig fàcal no fuasgladh-facaill riamh air ; co dhiubh a bhiodh e a' trod, no a' mìneachadh nithean deacair na diadhachd, no faireachduinnean dìomhair a chridhe, bha cainnt aige a bu chuimsiche agus a bu ghéire na chuala mi aig duine eile riamh. Ged nach robh annam-sa ach oileanach òg an samhradh a bhithinn 'g a éisdeachd anns an Tairbeart tha cuimhne agam fhathast air an fhaobhar a bha air teanga an duine ud. Bha e 'n a shearmonaiche maith ; air uairean bha e cho maith 's nach iarradh tu gu'n sguireadh e idir ; eadhon an uair bu mhiosa e bha rud-eigin aige ri ràdh nach b' urrainn duine eile ach e fhéin a ràdh. Car son nach 'eil duine-eigin anns na Hearadh a' deanamh co-chruinneachadh de na nithe maithe agus de na facaill gheur agus neònach a bhiodh Iain Mac Gilleathain ag ràdh ?

Neacal Caimbeul (1897–1917)

Bhuineadh e do Thigh-an-Uillt ; bha e air a shuidheachadh an Aird nam Murchann an 1874 ; an Uig an 1889 ; agus anns an Tairbeart an 1897. Chaochail e an 1924.

Donnachadh Mac Leoid, M.A. (1919–)

Diadhair Gàidhealach

(*Iain Mac Leoid Caimbeul, D.D.*)

LEIS AN URRAMACH ALASDAIR MAC FHIONGHUIN, PH.D.

CÒRR is ceud bliadhna air ais, bha ainm Ca' mhinistear Ghàidhealach so iomraiteach air feadh Bhreatainn uile; agus bhuaith sin gus an latha 'n diugh, tha e iomraiteach agus urramaichte anns an Eaglais feadh an t-saoghail; gu sònruichte 'n am measg-san uile a bhitheas ag iarraidh a bhi a' beachdachadh air gnè na réite a rinn Dia ri saoghal cailte tre fhulangas Chrìosd. Is e an réite so cridhe an t-soisgeil; agus a réir mar a thuigeas daoine a gnè, is ann a thuigeas iad prionnsal an t-soisgeil. Ged bha an Eaglais uile a' creidsinn gu'n do bhàsaich Chrìosd air son pheacach, bha eadar-dhealachadh bheachd innte o thùs air an dearbh éifeachd a bha ann am bàs an t-Slànuigheir; co dhuibh a bha e a' sàsachadh lagha agus a' cosnadh saorsa do dhaoine bho bhinn bàis shiorruidh; no a mhàin a' foillseachadh gràidh dhoibh a dh' ionnsuidh an dearbhaidh deireannaich; agus co dhuibh a bhàsaich E air son an t-saoghail, no a mhàin air son cuid, a roimh-òrduicheadh le Dia a chum slàinte.

Tha e duilich agus carraideach gu'n éireadh imcheist sam bith an comh-cheangal ri soisgeul na réite, a chur bacaidh air, agus ga dheanamh aig amaibh, chan ann 'n a fhianuis agus 'n a sholus air deadh-ghean Dhe do chlam nan daoine, ach 'na cheò anns nach faicear ni cho cinnteach ri corruidh Dhe ag iarraidh dìolaidh; agus dream shònruichte a' faotainn fàbhair shiorruidh, am feadh 's a tha an còrr air am fàgail a dhol a dhìth. 'N am measg-san uile a bhris dùmhachd a' cheò mhillich ud, air chor is gu'n do shoillsich soisgeul glòrmhor Chrìosd a mach as ùr ann an simplidheachd agus cumhachd a sholuis féin, bha Iain MacLeoid Caimbeul toiseachail agus éifeachdach; agus tha uile shearmonaichean an t-soisgeil a thàinig fo bhuaidh a theagaisg fo fhiaichabh trom dha.

Mu'n teid sinn ni's faide, bithidh e cho maith iomradh goirid a thoirt mu thimchioll a bheatha. B'esan mac do'n Urramach Dòmhnall Caimbeul, ministear Chill Mhealaird, ann an Lathurna. Rugadh e anns a' bhliadhna 1800. Bho 'òige, bha e neo-chum-anta beachdail agus spioradail 'n a imtinn. Dh' ullaich e e-fein air son ministrealachd na h-Eaglais ann an Oil-thigh Ghlaschu; agus phòsadh e ri eaglais an Rudha ann an siorramachd Dhùn Breatuinn's a' bhliadhna 1825. Air a lionadh le eud diadhaidh air son slàinte spioradail an t-sluaigh fhuair e soirbheachadh mòr 'n am measg. Bha a chumhachd mar chumhachd aon de na fàidhean o shean. Ach ma bha, dhùisg e cuid, cha b'ann gu aithreachas,

ach gu diombh agus naimhdeas; agus mu dheireadh chuir iad sin casaid 'n a aghaidh a dh' ionnsuidh Cléir Dhun Breatuinn, gu'n robh e a' teagasg (a) gu'm buin dearbhachd do ghnè creidimh, agus as eugmhais, nach ruig duine air slàinte; agus (b) gu'n do bhàsaich Chrìosd, chan ann air son cuid thaghta a mhàin, ach air son nan uile.

Gu bhi a' tuigsuin na casaid so, faodar a ràdh gu'n robh an sluagh am bitheantas ann an sgìre an Rudha a' creidsinn creud na h-eaglais; ach bu bheag dhiubh aig an robh earbsa ann an Chrìosd, no dànachd naomh, no toradh an spioraid, mar tha gràdh, aoibhneas, agus sìth.

Thòisich am ministear òg air teagasg gu'm feum daoine gràdh agus geallaidhean Dhe ann an Chrìosd a ghabhail 'g an ionnsuidh gu pearsanta, a' leigeil cudthrom an anama orra, agus mar sin a' sealbhachadh sìthe, agus dànachd cloinne. Thogadh so 'n a aghaidh mar theagasg falla, cunnartach, ni a tha a' foillseachadh a' chlaonaidh a bha 's an eaglais bho theagasg cumanta an Tìomnaidh Nuaidh; agus am feum air fàidh. A thaobh na dara earruinn de'n chasaid, gu'n do bhàsaich Chrìosd, chan ann air son buidheann thaghta a mhàin, ach air son a' chinne-daonna gu léir, cha do rinn an Caimbeulach àicheadh. Theagaisg e o thoiseach a shearmonachaidh gu'n do bhàsaich am Fear-saoraidh air son nan uile pheacach, gun chlaonbhàigh ri cuid seach cuid; agus rinn e so le uile dhùrachd agus gu tric, do bhrìgh gu'n robh e a' coinneachadh gach taobh an rachadh e ri daoine a bha air an cruadhachadh an aghaidh an t-soisgeil, ag ràdh—"Ma tha sinn roimh-òrduichte gu beatha, cha téid sinn a dhìth; agus mur'èil, théid, ciod sam bith ar n-oidhirp air creideamh."

Rannsaich an Caimbeulach na Sgrìobtuirean air a shon féin; agus air bonn nan Sgrìobtuirean, thòisich e air briseadh nan ceanglaichean a bha a' claidheadh, agus a thaobh mòrain, a bha 'a milleadh gairm an t-soisgeil. Chaidh a' chùis 'n a aghaidh aig a' Chléir; agus, mar an cendna, chaidh i 'n a aghaidh aig àrd-sheanadh na h-Eaglais an Dun-éideann anns a' bhliadhna 1831. Mar sin, chaill e a dhreuchd ann an Eaglais na h-Alba. Ach cha do chaill e a mhisneach no a chreideamh; agus chruinnich e coimh-thional ann an Glaschu, d' an do rinn e seirbhis fad mhòrain bhliadhnachan. Bha e mar so saor gu a bheachdan a chur an cèill gun tighinn bho chumhachd Cléire no Seanaidh. Sgrìobh e leabhraichean cudthromach; agus bha e comharraichte mar dhiadhair aig an robh ùr-bhreithneachadh

agus soilleireachd air rùn-diomhair na diadhachd. Am measg nan leabhraichean sin, bha “Criosd, aran na Beatha,” “Beachdan mu fhéin-fhoillseachadh Dhe,” agus “Gnè na h-Iobairt-Réite.” Bha na leabhraichean sin uile làn soluis agus beathachaidh; ach bha an leabhar mu dheireadh dhiubh sònruichte air son a mhìneachaidh ùir agus shoisgeulaich a thug e air an obair-shaoraidh a choimhllion Criosd air a’ chrann air son a’ chinne-daonna.

Mar chomharra air a’ mheas a bha daoine ionnsaichte a’ cur air a leabhraichean, thug Oil-thigh Ghlaschu dha urram na Dotair-eachd; agus dà fhichead bliadhna an déidh do Sheanadh na h-Eaglais a dhreuchd a thoirt bhuaith chruinnich ceud ministear agus foirfeach ann an Glaschu agus air an ceann an t-Urr. Tormod Mac Leoid, Ceann-suidhe Ard-Sheanaidh na h-Eaglais air a’ bhliadhna ud, a thogail fianuis, agus a dh’innseadh dha ri a ghntis a’ chomain mhór fo’n do chuir e an Eaglais Chriosduidh uile le a sgrìobhaidhean priseil. Bha so a’ dearbhadh gu’n do rinn earrann nach bu bheag de Eaglais na h-Alba aithreachas air son a buintealais sheárbb ris an fhàidh a dh’éirich ’n a meadhon, eadhon mu’n deachaidh e as an t-sealladh.

Chaochail ean anns a’ bhliadhna 1872; ann an Rois-nesthaidh, fa-chomhair eaglais an Rudha, far an do thòisich a sheirbhis. Tha uinneag ioma-dhathach ’s an eaglais sin an diugh mar chuimhneachan maiseach air ministear a dh’fhoillsich fìor mhaise na naomhachd ’n a chaithe-beatha; a rinn seirbhisean móra do’n Eaglais, agus do aobhar Dhe ’s an t-saoghal; agus gu sònruichte a thug sealladh ùr do’n eaglais air glòir Chriosd, agus air gnè agus farsuingeachd na saorsa a dh’oibrich Esan air son an t-saoghail.

Bha Eaglais na h-Alba a’ cur feum mór aig an àm ud air fàidh agus diadhair mar a thugadh dhì ann am pearsa a’ Chaimbeulaich. Rinn i geur-leanmhuin air, agus chuir i mach as an t-Sionagog e, do bhrìgh gu’n robh de dhànachd aige firinn Dhe mar tha i air a foillseachadh ann an Criosd, a chur air thoiseach air puincean sònruichte ann an leabhar Aidmheil a’ Chreidimh. Ged nach’eil an Aidmheil sin ag agar a bhì iomlan, agus ged nach robh i air a ciallachadh a bhì air a cur air thoiseach air na Sgrìobturaibh mar bhitheas iad air an soilleireachadh o àm gu àm leis an Spiorad, gidheadh rinn an Eaglais meidh-thomhais de’n leabhar ud; agus dhiteadh i gach beachd nach robh combh-chòrdta ris, gun rannsachadh, gun fhoighidin. Ach mar thachair gu tric ann an eachdraidh na h-Eaglais, thionndaidh Dia mi chéill na h-eaglais a chum maith; agus trid a’ cheusaidh a rinn i air a fàidh, fhuair na beachdan air son an d’fhuilg e, craobh-sgaoilteach agus soirbh-

eachadh. Gu sònruichte thug e air aghaidh aon phrionnsal, agus chòmhraig e gu h-éifeachdach air a shon: is e sin gur ann an solus Chriosd féin, an solus inntinn a Mhic, a tha eòlas fìor ri fhaotainn air Dia agus air a rùn a thaobh dhaoine; gur ann leis an t-solus so a dh’fheumas teagasgan agus beachdan na h-eaglais a bhì air an rannsachadh. Roimh so, bha inntinn na h-eaglais air a lìonadh le beachdan làidir air mórachd, cumhachd, agus uachdranachd an De bheò; agus ged a tha sin uile gun teagamh, tha e glé choltach nach robh móran a’ faicinn gnùis an Athar Nèamhaidh ag amharc le truas agus ionndrainn air a chloinn sheachranaich; no a’ tuigsinn gur ann an dlùths spioraid ris mar chloinn earbsaich, ghràdhach, umhail, a tha beatha fhìor agus mhaireannach. Ach b’e so spiorad, foillseachadh, agus teagasg Chriosd; b’e so rùn Dhe, agus gairm an t-soisgeil; as eugmhais an eòlais so air Dia, tha bàs spioradail a rìoghachadh, cìod sam bith beachdan dhaoine mu uachdranachd Dhe. Mar sin, ghairm Mac Leoid Caimbeul an eaglais a dh’ionnsuidh Chriosd, agus a theagasg, air thoiseach air beachdan Iain Chalvin, ged nach ’eil iad cearbach ’n an rathad féin.

Mar an ceudna is ann an solus inntinn a mhic a tha a’ foillseachadh an Athar, a tha obair na réite a choimhllion Criosd trid fhulangasaibh ri bhì air a tuigsinn gu ceart. Do bhrìgh gu’m b’e biadh agus deoch a mhic ainm an Athar a dheanamh soilleir; agus a ghràdh do pheacaich a dhearbhadh, air chor is nach gabhadh teagamh a chur ann, ghabh e’ àite am measg pheacach, ghiùlain e leò, ghràdhach e iad, agus mu dheireadh, dh’fhuiling e gamhlas a nàimhdean, agus uile sheirbhe na rinn iad air, ann am foighidin gun chasad, a’ deanamh mu dheireadh eadar-ghuidhe air son nan ciontach; a’ faireachduinn ’s a’ giùlan am peacaidh ann an diadhaidheachd a spioraid, ach fathast ag asluchadh is a’ tairgseadh maithneais dhoibh. Mar sin bha Dia ann an Criosd a’ deanamh réite; agus air fhoillseachadh ann an iongantast a ghràis do cheannaircich, a’ dearbhadh an fhocail—“Is gràdh Dia.”

Ach air an làimh eile, thug Criosd fianuis trid naomhachd agus ùmhlachd a bheatha gu bheil lagh an Tighearna naomh agus ceart, eadhon ged a threòraich ùmhlachd e gu bàs fhulang air son pheacach. Cha b’e dioghaltas no peanas a bha ann am fulangasaibh Chriosd, ach dearbhadh a mhaithais, a naomhachd, agus iomlaineachd fhéin-iobraidh. Mar cheann spioradail a’ chinne-daonna, ghlòraich Criosd lagh Dhe, agus rinn e, mar gu’n abramaid, aithreachas ann an ainm nan ciontach, le ionracas a bheatha, agus ùmhlachd gu bàs. Is e spiorad na h-ùmhlachd naomh so anns a’ mhac an Iobairt-réite; tha i priseil ann an sealladh

Dhe; agus 'n a h-ainm, gheibh peacaich misneach tighinn dlùth do Dhia ann an aithreachas.

Gach neach a ghabhas ris an tròcair a tha mar so air a tairgseadh dha, gheibh e chan e a mhàin sìth ri Dia, ach mar an ceudna spiorad a mhic, gu bhì, mar bha Esan, a' gluasad ann an dànachd naomh, ann an gràdh, agus ann an solus na beàtha maireannaich.

B' e so gnè teagaisg a' Chambeulaich. An àite a bhì ag éisdeachd ris an laghaireachd

shearbh leis an robh an soisgeul air a chuairt-éicheadh, tha sinn ag éisdeachd ri spiorad agus guth gràsmhor an t-Slànuigheir. Ma dh'fheudta nach do ràinig am fàidh so air gach taobh de'n chuspair mhór a shoilleireachadh, agus gach ceist a tha an crochadh ris a fhreagairt; ach chaidh e gu cridhe na cùise; agus mar a thubhairt diadhair eile d'am b'aithne a ghnòthuch m'a dheighinn—"Tha e ag imeachd 's an t-solus fad a shiubhail; agus tha gach ni ris am bheil e a' beantuinn a' tighinn beò."

Aig an Uinneig

Sgoilear òg Gàidhealach

Tha dùthchas agus oilean ag oibreachadh maille ri chèile a dheanamh sgoilear maith de Sheumas C. Mac Bhatair, M.A. Ogha do Alasdair Mhic Ghille Mhicheil, LL.D., nach maireann, a rinn an leabhar fiachail *Carmina Gadelica*, agus mac do Ella Nic Ghille Mhicheil agus do Uilleam Mac Bhatair, LL.D., an Oil-thigh Dhùn-éideann—cionnus nach biodh an sgoilearachd 'n a fhuil? Choisinn e cheana an t-urram as àirde an Laidiunn 's an Gréigis, an Oil-thigh Dhùn-éideann; am bliadhna choisinn e an t-urram as àirde an Gàidhlig; agus a nis tha e air ceud-thoradh na sgoilearachd sin a thoirt dhuinn ann an leabhar anns an do dheasaich e air son a' chlà a' bhàrdachd a rinn Màiri nighean Alasdair Ruaidh, mar theirtheadh rithe; Mairi Nic Leoid a rugadh anns na Hearadh mu 1615 agus a chaochail mu 1705.

Gheibhear anns an leabhar so na tha air aithne no air chuimhne an diugh mu Mhàiri nan òran, air a chur sìos gu h-òrdail, le dreach is grinneas, agus urrainn mhaith air a thoirt do'n luchd-leughaidh air son nan nithean ùra, no nam beachdan ùra, a tha an t-ùghdar a' toirt am follais mu'n bhan-bhàrd, agus mu na timeannan anns an robh i beò, agus mu na daoine agus na h-àitean a tha air an ainmeachadh 'n a h-òrain. A thuilleadh air sin thionndaidh Mghr Mac Bhatair bàrdachd Mairi Nic Leoid gu Beurla, facal air fhacal, los gu'n tuigeadh luchd na Beurla ciod a bha i a' ciallachadh anns na luinneagan agus na marbhrainn a rinn i. Tha a' chuid so de'n obair air a deanamh gu cothromach.

Aithnichear air a' bheagan ciamar a bhiodh am mòran; tha dreach na sgoilearachd air an leabhar so, is tha gealltanais ann gu'n lean Seumas C. Mac Bhatair ann an ceumanna athar agus gu'n dean e obair fhiachail do chainnt agus do litreachas na Gàidhlig fhathast.

Ruairidh Mac Leoid

Ged tha Ruairidh Mac Leoid marbh tha e fathast a' seinn, agus leanaidh e air seinn fad

iomadh latha. Chuala na mìltean de dhaoine a ghuth air a' ghramaphon nach fhaca Ruairidh féin riamh anns an fheòil, agus cluinnear e le gineal eile nach do rugadh fathast. Anns na làithean so tha briathran an diadhair a sgrìobh an litir chum nan Fabhruidheach air an coimhlionadh ann an dòigh nach robh e a' ciallachadh, agus nach saoiladh e gu robh e comasach—*air dha bhì marbh tha e fathast a' labhairt.*

Cò riamh a chuala Ruairidh Mac Leoid a' seinn "Moladh Beinn Dòrain," no "Cead deireannach nam Beann," no "An gleann 'san robh mi òg," no "Màiri bhàn òg," no "Cumha Mhic Cruimein," gun a chridhe a bhì air a ghluasad an taobh a stigh dheth; air a ghluasad le smuaintean is faireachduinnean a thaisich e, agus a tharruing inntinn air falbh o nithean leibideach is neòghlan? Ged nach deanadh e seirbhis air bith d'a dhùthaich agus d'a luchd-dùthcha ach an toil-inntinn agus an togail—cridhe a thug e dhaibh le sheinn o chionn dà fhichead bhadhna bu mhór an t-seirbhis sin féin, ach rinn e tuilleadh is sin. Dh' fhosgail e dorsan do cheòl na Gàidhealtachd an dùthaich nan Gall, agus am measg dhaoine do nach b' aithne gu robh binneas no grinneas ann an ceòl ar dùthcha.

Tha dà fhichead bliadhna bho na sheinn e aig Mòd an Obain an toiseach, ach ged is iomadh seinneadair maith a thog a cheann anns a' Ghàidhealtachd o'n là sin bha Ruairidh Mac Leoid 'n a rìgh 'n am measg uile. Bha rud-eigin ann nach robh ann an seinneadair eile ach e féin, air chor agus nach robh aige ach seasamh air an àrd-ùrlar agus a ghuth a thogail, is anns a' mhionaid bha mìle duine fo chommand aige mar gu'm biodh réiseamaid fo chommand aig Còirneal.

A thuilleadh air an toileachadh a thug e do dhaoine le cheòl, bha ùigh aige daonnan ann an cor nan Gàidheal, is bha e dileas is dealasach ann a bhì cumail suas na Gàidhlig.

'Na thigh agus 'n a ghnòthuichean féin bha e 'n a dhuine ciallach agus 'n a dhuine còir, glan agus uasal 'n a uile dhòighean.



An t-ainm beannaichte

*Beannaicht' gu robh gu sìorruidh buan
Ainm glòrnhor uasal féin.*

THA iomadh ainm air a thoirt do Chrìosd anns a' Bhìobull; "goirear mar ainm dha *Iongantach, Comhàirliche, An Dia cumhachdach, an t-Athair Sìorruidh, Prionnsa na sìthe*" Ach tha ainmean eile aige a thuilleadh orra sin, *an t-Adhamh deireannach, an Fhianais fhìor, Ceannard ar slàinte, Solus an t-saoghail, Aran na beatha, am Buachaille maith, Ceann na h-eaglais, Rìgh nan naomh, Mac an duine, Mac Dhe, Facal na beatha.* Tha gach aon de na h-ainmean sin a' cur soluis air nì-eigin ann an Crìosd nach 'eil ann an càch; nì-eigin a bhuincas d'a nàdur, no d'a obair, no do'n dàimh a bha aige ri Dia. Agus tha nàdur Chrìosd cho do-thuigsinn agus obair Chrìosd cho do-rannsaichte (a thaobh a farsuingeachd) 's nach cuireadh eadhon mìle ainm an cèill a nàdur agus a shoisgeul, 'n ainm lanachd.

Ach am measg nan uile ainmean a thug Dia no a chàirdean dha, is e an t-ainm as mìlse air fad, *Iosa*. "Bheir thu Iosa mar ainm air, oir saoraidh e a shlughadh féin o'm peacaidhean."

Cia milis ainm an t-Slàn'gheir chaoimh,
An cluas a' chreidnìhich bhochd!
Càisgidh e bròn is leòn nan naomh,
Gun eagal orr' roimh lochd.

An spiorad briùite nì e slàn,
A' fuadach cràidh o'n chridh';
Mar mhana nì e 'n t-acarach làn,
'S bheir tàmh do'n astarach sgìth

Ainm mhìorbhuilich! mo charrag threun,
Mo theàrmunn anns gach càs,
'S tu m' ionmhas furtachd anns gach teinn,
Trid iomlanachd do ghràis.

Iosa, mo Bhuaichail, 's Fear mo ghràidh,
Mo Shagart, m' Fhàidh, 's mo Rìgh;
Mo Thriath, mo Bheatha, is m' Fhear-iùil,
Gabh cliù o d' thruaghan sgìth.

Ge meata m' oidhirpean an dràs,
Ge fann mo ghràdh 's mo ghloir,
'N uair bhios mi maille riut gu h-àrd
Molaidh mi mar is còir.

Gu sin biodh plogartaich mo chrè
A' cur an cèill do ghràis,
'S biodh t' ainm 'n a chèòl domh fad mo rè
'S n'a stéidh aig àm mo bhàis.

Bha an laoidh so air a deanamh le Iain Newton, duine a dh' fhaodadh a ràdh mar thubhairt Pol, gu robh e 'n a fhear-labhairt toibheim, 'n a dhuine eucorach, a' deanamh geur-Jeanmhuinn air treud Dhe. Ach an uair a dh' fhiosraich e tròcair Dhe ann an Crìosd thòisich e air beannachadh an ainme a mhall-

aich e, is cha robh ainm eile air an t-saoghal cho milis leis ri ainm Iosa.

Cha robh Iain Newton ach seachd bliadhna an uair a shiubhail a mhàthair, boirionnach diadhaidh. Chaidh e gu fairege gu maith òg; am measg sheòladairean ain-diadhaidh dhìch-uimhniche e teagasg òige, is chruadaich a chridhe cho luath anns an olc 's gu'n tug e bàrr air a chompanaich uile ann an ain-diadhaidheachd. Bha e ann an soitheach-cogaidh, ach ged tha commandairean shoithichean-cogaidh a' cumail smachd gu maith teann air an sgiobadh, dh' fhairtlich Iain Newton orra, is b' fheudar dhaibh a chur a mach á cabhlach an Rìgh. Bha e 'n a ana-creideach is leig e ruith leis fhéin gu buileach.

An déidh dha a bhì air a chur a mach as an t-soitheach-chogaidh bha e air a thuarasdalachadh le sgiobair a bhiodh a' dol gu taobh shiar na h-Afric a ghlacadh dhaoine dubha agus an reic mar thràillean, ach bha e cho brùideil 'n a thrusdaireachd agus 'n a aingidheachd 's gu'n do chuir e sgreamh air na daoine dubha féin, is cha bhruidhneadh iad ris.

Bha e air a thoirt fo chùram anama le leabhar a leugh e, leabhar ris an abrar *Leanmhuinn Chrìosd* le Tomas a Kempis. An uair a leugh e an leabhar ud, thubhairt e ris fhéin, "Ma tha na nithean a tha anns an leabhar so fìor, is duine caillte mise."

An sin thòisich e air ìrnuigh, ag iarraidh an Tighearna le dùrachd fhìor, agus gu naigheachd fhada a ghiorrachadh, bha e air iompachadh agus air a dheanamh 'n a dhuine nuadh. *Air uairean* tha Dia air fhaotainn leò-san nach robh 'ga shireadh, ach tha e *daonnan* air fhaotainn leò-san a shireas e gu dìchiollach.

Thug e suas an fhairege, is ghabh e obair eile air tìr, ach fad na h-ùine bha iarrtus 'n a chridhe dol a mach a shearmonachadh an t-soisgeil mar éirig air son an dimeis a rinn e air 'n a òige, agus an toibheum d'an robh e ciontach. Cha robh e furasda dha dorsan fhosgladh a leigeadh a steach e do mhinistrealachd ghnàthaichte na h-eaglais, ach far a bheil toil bithidh gnìomh, agus mu dheireadh ghabh an eaglais Shasunnach ris, is thug i cead-searmonachaidh dha, is bha e air a shuidheachadh an sgrì Olney, am Buckingham, far an d' fhuair e eòlas air Uilleam Cowper, am bàrd. Tharruing an dithis ri chèile mar gu'm biodh dà bhràthair, is thòisich iad air laoidhean a

dheanamh; laoidhean a tha beathachadh eaglais Dhe an diugh fhathast, agus a leanas air sluagh Dhe a bhèathachadh gu bràth. Nach iomadh mìle anam a tha nis am fianuis Dhe, an glòir shiorruidh, a ghabh air am bilean mar am fiosrachadh agus am faireachduinn féin, briathran na laoidh so a sgrìobh Iain Newton?

Bho'n dhearc mo shùil ri d' chreuchdan ciùrrt',
A' brùchdadh cungaidd shlàint',
Gràdh-saoraidh Chrìosd 's e tha mi 'luaidh,
'S a bhios gu uair mo bhàis.

'N sin seinneam òran 's mìlse ceòl,
Air cumhadh mór do ghràis,
'N uair bhios an teanga mhanntach thruagh
Gu balbh 's an uaigh 'n a tàmh.

Dhe, 's deimhin leam gu'n d' ullaich thu
Do d' òglach bochd nach fìit,
Luach-fola saor gu h-àrd an Glòir—
Cruit òir a sheinn do chliù.

Chuir cumhadh Dhe gach teud air dòigh,
'S a ceòl, gu siorruidh, buan,
Nì seirm an cluasan Dhia nan gràs,
Air ainm 's air bàs an Uain.

Tha e iongantach gu'm bitheadh laoidh de'n t-seòrsa so, *Cia mìlis ainm an t-Slànuighèir chaoimh*, air a sgrìobhadh le leithid Iain Newton; gu'm bitheadh an gaol so do ainm naomh Iosa air fhaotainn ann an cridhe neach a dh' fhuath-aich agus a mhallaich an t-ainm sin an làithean 'òige. Ach ann an seagh eile chan 'eil e iongantach idir; tha cuimhne agad, a leughadair, ciod a thubhairt Iosa féin ri Simon, am Pharasach: *Bha aig fear-facha àraidh dithis de fhéichneibh: bha aige air aon fhear còig ceud peighinn, agus air an fhear eile leth-cheud. Agus do bhrìgh nach robh aca nì leis an dòladh iad, mhaith e gu saor dhaibh araon. Innis dhomh-sa nìme sin, cò dhìibh is mò a ghràdhachas e? Agus fhreagair Simon agus thubhairt e, Is i mo bharail gur e an neach is mò d' an do mhaith e. Agus thubhairt e ris, Is ceart a thug thu breith.*

'Na shùilean féin, b'e Iain Newton am fear air an robh còig ceud peighinn de fhiachan; am fear air an robh fiachan aig Dia na bu truime na bha aige air neach eile fo'n ghréin, is bha a chridhe air a lionadh le taingealachd, is iongnadh, is gaol, an uair a thog Dia suas e á clàbar a' pheacaidh, agus a shoeruch e a chas air carraig. Bha fhios aige gu'n do rinn Dia ann an Crìosd obair mhìorbhuileach 'n a anam nach b' urrainn dha dheanamh e féin, agus is e sin a thug air ainm Iosa a ghràdhachadh agus a bheannachadh.

Ciod a' bhann as làidire a tha ceangal cridheachan chreidmheach ri Dia? Tha, bann na taingealachd; am mothachadh a tha aca gu robh iad gu domhain an eisiomail an Tighearna, ach gu'n do mhaith e dhaibh am fiachan gu h-usal agus gu saor.

'Se mhaithas duit gu gràs-mhor caoin
Gach peacadh annad féin;
'S e bheir dhuit slàint' is furtachd fòs,
O d' easlaintibh gu léir.

O m' anam, beannaich thusa nis
An Dia Iehobhah mór.

Sin agad fìor chridhe na beatha dhiadhaidh, an t-iongnadh agus an taingealachd a tha air a dhùsgadh ann an anam an duine an uair a chi e le sùil a' chreidimh gur fìor an ràdh so, *Mac Dhe, a ghràdhach mi agus a thug e féin air mo shon.* Tha gràdh againne dhasan, do bhrìgh gu'n do ghràdhach esan sinne an toiseach.

Is e an t-aobhar gu bheil laoidhean air an seinn ann an aoradh na h-eaglais, gu bheil iad a' cur am briathran simplidh is blàth an gràdh agus an taingealachd a tha ann an cridheachan dhaoine do'n Tighearn Iosa Crìosd. Tha ainm-san os cionn gach ainm eile, agus tha e 'n a fhaochadh do dhaoine aig a bheil gaol air, an guth a leigeil a mach, agus ainm a bheannachadh.

*Cia mìlis ainm an t-Slànuighèir chaoimh
An cluas a' chreidmheach bochd!*

ANNS A' CHOILLE BHEITHE

*Mo thruaighe 'n tìr 's an cinn na daoine gann
Ged 's mhaith an t-òr, is suarach òr seach clann.*

THIODHLAIC sinn an tàillear an dé, am fear-ceirde mu dheireadh a bha againn an Cille-sgumain. Bha e còig is ceithir fichead a dh' aois; bha e fada an droch shlàinte, is cha do tharruing e snàthad bho chionn iomadh bliadhna, ach air a shon sin bidh sinn 'g a ionndrainn, oir tha Cille-sgumain a nis gun fhear-ceirde idir ann. Ri mo cheud chuimhne bha saor-chairtean, is saor-bhàtaichean, is trì saoir-thighean ann; trìuir chlachairean; gobha; dà ghreusaiche; muillear, is tuairnear, is cùbair; ach an diugh chan 'eil gin dhiubh sin

ann. Gheibhear cruidhean nan each dhìachaidh á Glasehu deanta deas, is cuirear orra iad co dhui a tha iad a' freagairt no nach 'eil, is tha eadhon na tighean-cheare a' tighinn thugainn á Sruidhla, deas glan le'n uinneagan.

Theagamh nach gabh so leasachadh, ach is bochd an gnothuch e; is bochd gu bheil an dùthaich a' dol sìos, agus na bailtean móra a' fàs. Tha an dùthaich a' dol sìos gun teagamh; sgìrean anns an robh deich luchd-ceirde an 1890 chan 'eil an diugh gin anna; sgoilean anns an robh trì fichead de chloinn ri cuimhne dhaoine

a tha fathast beò, chan 'eil amta a nis ach còig no sè, is tha oileanachadh nan còignear sin a' cosd fada barrachd do'n rioghachd na chosd oileanachadh nan trì fichead; fearainn a bha aon uair air an oibreachadh leis a' chrann agus a' toirt cosnaidh do mhòran dhaoine, tha iad an diugh fo fheid, agus mar is bitheanta fo rainneach. Gnothuch bochd, ach cò aig a bheil fhios eiod is aobhar dha, no ciamar a ghabhas e leasachadh? An uair a thòisicheas sinn air sealltuinn air a' chùis so, agus air reasonachadh uime, tha sinn mar gu'm biodh daoine a' dol mu'n cuairt agus mu'n cuairt ann an cearcall, a' cur tuainealaich 'n an cinn féin gun adhartas air bith a dheanamh. Tha sin fìor a thaobh nithean eile anns an rioghachd cho mhaith ri fasachadh na Gàidhealtachd. Tha e fìor mu chogadh; a dh' aindeòin nan lighichean agus nan comhairlichean lionmhor a tha feuchainn ri creuchd na Roinn-Eòrpa a leigheas, agus cunnart cogaidh a thogail dhinn, tha sinn daonnaan aig deireadh na bruidhne dìreach far an do thòisich sinn, a' sìor dhol mu'n cuairt ann an cearcall, mar a thilleas a' ghaoth air a cuairtibh féin.

Bha sinn aon uair an dùil gur e an dòigh a b' fheàrr air sluagh a chumail air an dùthaich uile ghoireasan a' bhaile mhóir a thoirt dhaibh. Tha gu leòir de dhaoine de'n bheachd sin fhathast, ach ma tha, chan 'eil bonn air bith aige. Chan 'eil cion ghoireasan oirnn air an dùthaich an diugh. Gheibh an ciobair a tha chòmhnuidh air monaidhean iomallach an Ionar-nis naigheachdan an t-saoghail a cheart cho luath ri muinntir Lunnainn no Ghlaschu; ruigidh posta an rìgh a dhorus a h-uile là ged nach biodh aige dha ach litir a' bhuinn-a-sè; tha na cairtean-marsantachd a' gearradh roimh chèile a thoirt gach bathar a dh' iarras e thuige; is cuirear carbad-ola gu dhorus a h-uile maduinn a thoirt na cloinne do'n sgoil. Theagamh gu bheil gramaphon is labhran-sith aige, agus gu bheil cuibhlichean aig na balaich agus an leòr *cigarettes* aig na caileagan, ach air a shon sin, a cheart cho luath 's a gheibh iad àileadh a' bhaile 'n an cuinnlean, fàsaidh iad neo-thoilichte anns a' ghleann, is togaidh iad orra do'n bhaile.

Tha fichead aobhar a' comh-oibreachadh maille ri chéile an diugh, a' cur an t-sluaigh air falbh as an dùthaich; droch thighean; droch laghannan-fearainn; sannt thighearnan is bhàillidhean; cion-airgid is cion-oibre; aonaranachd nan gleann is iomallachd nan eileanan, ach is e an t-aobhar as motha, gu'n do chaill a' ghineal òg am blas air na nithean a tha ri fhaotainn air an dùthaich, *sàmhchair, agus saorsa, agus obair*. Gu fortanach cha do chaill iad uile an gaol air a bhì air an dùthaich, tha fuigheall am measg na h-òigridh fathast a bhiodh sona gu leòr air an fhearann, agus air sgàth na feadhnaich sin bu chòir laghannan-fearainn a

bhì air an ceartachadh, ach cha tugadh a' mhòr-chuideachd de'n ghineal so uiread agus taing dhuit na'n tairgeadh tu croit dhaibh.

Na'm biodh iad gun obair aig an àm, agus na'n gealladh Bòrd an fhearainn tighean ùra dhaibh air chosdus na rioghachd, agus gach goireas eile a bha feumail, theagamh gu'n gabhadh iad i a chionn nach robh dad a b' fheàrr 's an t-sealladh aca, ach is e a' cheud rud a dheanadh iad a' chroit a chur a mach o fheur agus am biadh fhaotainn á America agus an annlann á Denmark.

An uair a thairgear croit do dhuine òg làidir an diugh, is e a' cheud cheist a dh' éireas 'n a inntinn, *Am pàigh i?*; mur pàigh i, cha ghabh e gnothuch rithe. Ach is e sin ceist nach bu chòir a bhì air a faighneachd idir. Cha pàigh croit anns an t-seagh anns a bheil cosnadh eile a' pàigheadh an fhìr-oibre air son a shaotrach, anns an t-seagh gu bheil dà phunnd Shasunnach no trì punnd Shasunnach a' tighinn a steach dha a h-uile Di-Sathuirn. *Chan 'eil airgid-ullamh ri fhaotainn á croit*, ach tha biadh is annlann ri fhaotainn aisde do theaghlach, ma thoilicheas an croitear a thoirt aisde, agus ma bhios e toilichte le biadh is annlann is aodach, *gun cigarettes*. Ma tha a' chroit maith theagamh gu'n toir i ceathramh 's an t-seachduin de thombaca dùbh dha, a chumail sunnd is dòigh air, ach cha toir croit air bith *cigarettes* do'n fhear a tha 'g a h-oibreachadh.

Tha mi an dòchas, a leughadair, nach 'eil t' inntinn cho maol 's nach tuig thu eiod a tha mi a' ciallachadh le *cigarettes*, oir chan 'eil mi ag uisneachadh an fhacail so gu litireil uile gu léir. Ged nach 'eil mise ris a' phòb mo féin cha bu mhaith leam a bhì cho cruaidh air mo cho-chreutairean 's nach dlighinn do chroitear tomhas reusonta de thombaca anns an t-seachduin, ach cha bhui na *cigarettes* do'n chroit idir, oir is samhladh iad air rìomhadh is sòghaltachd is fasain a bhuineas do shaoghal eile seach saoghal na croite, saoghal na marsantachd anns an e crìoch àraidh mhic an duine *tuarsadal mór agus uairean goirid*.

Chan fhaighear sin air a' chroit, no airgid-ullamh a h-uile seachduin, agus a chionn nach fhaigh, tha òigridh an là so a' teicheadh bhuaipe agus a' taomadh a steach do'n bhaile mhòr, a dh' iarraidh obair air chor-eigin a bheil airgid-ullamh dhaibh a gheibh *cigarettes*. Gheibh iad barrachd a dh' airgid-ullamh air an *déirc* na gheibh iad air croit.

Ach tha a' cheart bheò-shlàint ri fhaotainn air croit an diugh fhathast 's a bha ri fhaotainn oirre riamh, na'm biodh daoine toilichte leis a' bheò-shlàint sin, agus na'n toilicheadh iad a thoirt aisde, biadh, is annlann, *gun cigarettes*.

* * * * *

Leis gach atharrachadh a thàinig air Cille-sgumain, agus na fasain ùra, cha robh an tàillear

a' faotainn a bheag r'a dheanamh bho chionn bhliadhnachan. Chan aimseadh e air brìgisean nan gillean òga a dheanamh cho farsuing aig a' bhròig 's a bu mhaith leò, no seacaidean a dheanamh cho cumhann mu chaol an droma. Cha b' fheàrr nàdur an tàilleir so. Bha e rud beag gearrann, agus draochannach, agus amharusach riamh, ach a nis bha e 'ga fhaicinn féin mar dhuine a bha làmh gach neach eile 'n a aghaidh. Chruadhach so a chridhe, is bhiodh e ag ràdh nach b' fheàrr daoine na na beath-aichean-fiadhaich ; nach robh lagh air bith aca ach "a h-uile duine air a shon féin" ; agus nach robh a leithid de ni ann is freasdal caomhail a tha riaghladh thairis air an t-saoghail.

Ach m'an tàinig a' chrìoch air dh' atharraich an tàilleir a bheachd, agus is e a thug air sin a dheanamh, gu'n d' fhuair e coibhneas ann an tigh-eiridinn a thaisich a chridhe, agus a dh' iompaich e bho dhroch amharus gu deagh-ghean d'a cho-chreutairean, agus bho sgaitealachd teanga gu ciùine 'n a bhriathran agus 'n a chridhe.

Cìod air bith an seòrsa fhear as fheàrr, chan 'eil teagamh idir agam nach e na mnathan-eirididh boirionnach as fheàrr air an t-saoghal. Thachair té dhiubh sin air an tàilleir anns an ospidail ; banaltrum òg a fhrithheil dha cho coibhneil agus cho aoibheil 's ged b' ann d'a h-athair féin a bha i a' frithealadh. Bha na lighichean coibhneil ris cuideachd, agus an fheadhainn a bha 'n an sineadh anns na leapanna ri thaobh ; bhiodh iad uile a' faighneachd

ciamar a bha dol dha, agus toilichte an uair a chluinneadh iad gu robh e na b' fheàrr.

A thuilleadh air sin bha daoine a' dol 'g a fhaicinn ris nach robh fuighair aige ; a' toirt thuige gach rud a thoilicheadh e, no a dheanadh feum dha gus mu dheireadh an robh nàire air gu'n do shaoil e riamh nach robh blàths no càirdeas 'n a choimhearsnaich. Chan urrainn mise a ràdh cìod a thachair ann an anam an tàilleir m' an d' fhàg e an saoghal ceithir mìosan an deidh dha tighinn dhachaidh as an ospidail, ach co dhiu cha robh a chridhe cho cruaidh a' dol a steach do'n t-siorruidheachd 's a bhitheadh e mur' buaileadh an tinneas ud e. Chan 'eil cumhachd iompachaidh air thalamh a ghabhas coimeas ri gràdh ; brisidh e cridheachan cruaidh cho cinnteach 's a leaghas an teine an t-iarunn. Co aige tha fhios nach d' ullaich Dia a' chòmhdhail ud eadar an tàilleir agus a' bhanaltrum òg ud bho shiorruidheachd, dìreach mar dh' ullaich e gu'n tachradh Philip agus an Etio-pianach air a chéile anns an fhàsach ?

* * * * *

An uair a bha an t-Urramach Niall Mac-Phàrlain, B.D., a' deanamh na seirbhis aig tìodhlacadh an tàilleir b'e an earrann de'n Bhiobull a leugh e an earrann anns a bheil Lucas ag innseadh mu'n atharrachadh a thàinig air Saccheus an uair a nochd Iosa coibhneas dha ris nach robh dùil aige ; rud a chuir iongnadh air feadhainn de'n chuideachd a bha aig an tìodhlacadh.

Annas a' Chathair

ANNS a' bhliadhna 1886 rugadh ann an Switzerland duine air an cual an saoghal uile iomradh an diugh, Carl Barth, an diadhair as iomraitiche 's an Roinn-Eòrpa anns an linn so.

Bha athair 'n a fhear-teagaisg an Oil-thigh Bherne, far an robh Carl air oileanachadh gus an deachaidh e do Bherlin, agus 'n a dhéidh sin do na h-Oil-thighean, Tubingen agus Marburg.

Anns na h-Oil-thighean sin bha e 'g a dheanamh féin coimhlionta ann an eòlas nan Sgrìobturann, a' rannsachadh litir agus teagasg a' Bhiobuill gu mion, mar bha iomchuidh do dhuine a bha ri dreuchd na ministrealachd a ghabhail air féin agus ri facal Dhe a shearmonachadh.

Bha e air a theagasg dha bho òige gur e Facal Dhe a bha anns a' Bhiobull ; guth o shaoghal eile seach an saoghal faicsinneach as aithne dhuinn ; leabhar anns an robh foill-seachadh air a dheanamh air nach ruigeadh mac an duine le solus a reusoin féin. Sin am beachd a bha aige m'an deachaidh e do'n Chollaist, ach anns a' Chollaist bha na h-àrd-sgoilearan a' teagasg a' Bhiobuill mar a theag-

aisgeadh iad leabhar eile, agus mar gu'n robh am Biobull coltach ri leabhraichean eile. Bha iad a' cur seachad na h-uine uile a' deasbud cò a sgrìobh an leabhar ud anns a' Bhiobull, no c'àite an do sgrìobhadh an leabhar ud eile, no cìod an suidheachadh anns an robh an neach a sgrìobh e, dìreach mar nach robh annta ach toradh inntinn an fhir a sgrìobh iad.

Shaoil Carl Barth gu robh sud ceart gu leòr, agus gu robh e féin a' tighinn air aghaidh gu gasda ann an sgoilearachd agus ann an eòlas a' Bhiobuill, ach an uair a thòisich e air obair na ministrealachd, agus a bha aige ri ni-eigin a tharruing as a' Bhiobull do dhaoine air an robh acras spioradail, chunnaic e nach robh feum air bith anns na nithean a dh' ionnsaich e anns a' Chollaist mu'n Bhiobull ; nach robh annta ach cleasachd mu dhorus nan Sgrìobturann gun uiread agus feuchainn ris an dorus fhosgladh.

Sin a' cheud d'usgadh a fhuair Carl Barth, is chuir e air ais e a dh' ionnsuidh a' Bhiobuill as ùr, agus o'n là sin tha an diadhair ainmeil so a' togail fhianuis gun sgur, *gu'n do labhair Dia, agus gu bheil Dia fathast a' labhairt 'n a Fhacal,*

agus nach ruig mac an duine gu bràth air Fìrinn Dhe, le solus a reusoin féin, no as eugmhais Foill-seachaidh o shuas.

Tha an teagasg sin feumail anns na làithean so, oir tha e ann an inntinnean dhaoine an diugh, eadhon ged nach abair iad e,

(1) nach 'eil anns a' Bhiobull ach sgrìobhaidhean dhaoine mar gheibhear ann an leabhraichean eile, ged bha na daoine sin tuigseach is diadhaidh.

(2) nach tàinig solus air bith o *shuas*; na tha againn de sholus, gu'n d' fhuaras e o dhaoine a bha sìreadh eòlais spioradail gu dùrachdach le solus an reusoin féin, linn an déidh linn.

(3) nach 'eil adhartas air bith a' tighinn air an t-saoghal, an eòlas no an gnìomh, ach an t-adhartas a tha mac an duine a' toirt air, le oidhirp is inneachd féin.

(4) nach 'eil na fìrinnean a fhuaras o *Fhoill-seachadh Dhe* idir cho cinnteach ris na fìrinnean a gheibhear bho sgoilearan agus bho luchd-ealadhain.

(5) Gu'n cluinnear *facal Dhe*, agus gu'n tuigear rùintean Dhe, bho leabhraichean Sir James Deans cho mhaith 's a chluinnear agus a thuigear iad bho 'n fhàidh Isaiah.

Ged thòisichinn air argumaid a dheanamh mu na beachdan sin, cha bhiodh ann dhuit, a leughadair, ach ruagadh na gaoithe, is theagamh nach deanainn ach còmhairle a dhorchadh le briathran gun eòlas. A thuilleadh air sin, tha boinne de 'n fhìrinn anns gach aon de na beachdan ud; mur bitheadh chan fhaigheadh iad àite idir an inntinnean dhaoine tùrail, ach air a shon sin chan 'eil anna ach *taois-ghoirt an t-saoghail so*, agus m'ann dean neach adhartas air bith anns an diadhaidheachd agus ann an eòlas Dhe, feumaidh e taois-ghoirt an t-saoghail so a chur a mach as a chridhe.

An uair a thòisicheas tu air a' Bhiobull a' leughadh gu creidmheach mar Fhacal Dhe tha thu a' dol a steach do shaoghal far an cluinn thu Dia a' labhairt agus an faic thu Dia ag oibreachadh mar nach faic agus nach cluinn thu e anns an t-saoghal nàdurra. Tha cuid de dhaoine a dhiùltas dol a steach do'n t-saoghal so a chionn gu bheil Maois no Lucas no Pol ag innseadh mu nithean nach 'eil a réir dòighean an t-saoghail so, iarunn a snàmh, mairbh a' tighinn beò, daoine a' coiseachd air an fhairge, agus a *chionn gu bheil iad a' diùltadh dol a steach ann* cha chluinn iad Dia a' labhairt anns a' Bhiobull. Cha tuigear spiorad a' Bhiobull ach leò-san a ghabhas ris mar Fhacal Dhe, agus cha tòisich Dia air e féin fhoillseachadh dhuint anns a' Bhiobull gu bràth gun an stad sinn de bhi a' toirt binn air a' Bhiobull mar bhreitheamhna, agus an leig sinn leis a' Bhiobull breith a thoirt oirn.

Chan 'eil so a' ciallachadh nach 'eil feum ann an obair nan sgoilearan a tha rannsachadh agus a' sgrùdadh gu cùramach litir an leabhair naoimh, air ghaol a thuigsinn ciod a bha Pol no Peadar a' ciallachadh an uair a sgrìobh iad am facal ud, no am facal ud eile, ma's iad a sgrìobh e idir. Tha an àite féin aig sgoilearan ann an eaglais Chrìosd cho mhaith 's a tha an àite féin aig searmonaichean, ach air a shon sin, chan 'eil an rud ris an abrar àrd-sgoilearachd a' Bhiobull idir cho feumail no cho tarbhach ann an eaglais Dhe 's a shaoileas na sgoilearan féin, agus idir idir chan 'eil e tarbhach ma's e as crìoch dha an creideamh a bha aig daoine anns a' Bhiobull mar fhacal Dhe a thoirt bhuapa. Sgoilearachd air bith a ni sin, chan 'eil innte ach peasanachd dhiomhain. Ma tha e fìor gu bheil beachdan leanabail aig daoine gun sgoil mu'n Bhiobull, tha e a cheart cho fìor nach 'eil ann am móran de'n sgoilearachd a tha dol air aghaidh mu'n Bhiobull ach cluicheadh leanabail, mar gu'm biodh clann bheag a' togail bhothagan an diugh air a' ghainmhich agus 'g an leagail am màireach.

Theagamh gu bheil e fìor gu leòr nach e aon làmh ach dà làmh (no maith dh' fhaoidte, tuilleadh) a tha againn ann an leabhraichean de 'n Bhiobull a bhatar uair-eigin an diùil gur e Maois a sgrìobh a h-uile lide dhiubh, ach ciod uime sin? An abair thu gu'n do chuir an sgoilear a fhuair sin a mach comain mhór air an t-saoghal? Chan abair mise e co dhìu, ged tha meas agam air eòlas agus air sgoilearachd, agus ged nach bu mhaith leam eadhon an sbruileach a chall. Ach chan 'eil anns an sbruileach ach sbruileach fhéin; chan 'eil ann am móran de'n mhion-sgoilearachd a tha dol air aghaidh mu'n Bhiobull an diugh ach eòlas gun chudthrom agus gun fheum an coimeas ris an eòlas eile so, *na nithean mìorbhuileach a tha am Bhiobull a' deanamh anns an t-saoghal*. An uair a dh' innseas soisgeulaiche dhuit mu dhuine no mu dhaoine ann an Korea, no ann an ceàrn air bith eile, a bha air an tionndadh bho'n pheacadh no bho iodholan gu Dia, le briathran an leabhair so, saoilidh mi gu bheil naigheachd de'n t-seòrsa sin a' cur a cheart uiread soluis (no theagamh barrachd) air a' Bhiobull 's a tha obair nan àrd-sgoilearan, a tha cur seachad am beatha a' deas-bud co dhiubh a bha té de litrichean Phoil air a sgrìobhadh an Ephesus, no anns an Roimh, no an e Pol a sgrìobh i idir! Tha e duilich a chreidsinn gu bheil Cheyne, no Seumas Moffatt, no an Deathan Inge, a' tuigsinn a' Bhiobull na's fheàrr na thuig Spurgeon e, no Cardinal Newman, no Iain Wesley; cho duilich 's nach creid mise e co dhìu. Tha tuigsinn agus tuigsinn ann, eòlas agus eòlas, sgoilearachd agus sgoilearachd; faodaidh duine uile làithean a bheatha a chur seachd a' bruidhinn mu *lìtir* a' Bhiobull gun an guth a tha labhairt anns a'

Bhiobull a chluinntinn, ach chan e mhàin gu'n cuala Spurgeon agus Wesley an guth sin ach theagaisg iad do dhaoine eile a chluinntinn. 'N an làmhann thàinig cumhachd a' Bhiobull an follais, air chor 's gu'n do lean comharran agus mìorbhuilean searmonachadh an Fhacail. Cò a ghabhadh air féin a ràdh nach 'eil an seòrsa sgoilearachd sin mu'n Bhiobull na's fiachaile do'n t-saoghal na sgoilearachd nan àrd-sgoilearan féin?

Cha chualas iomradh riamh air searmonaiche a rinn obair mhór ann an rioghachd Dhe nach robh a' creidsinn le uile chridhe anns a' Bhiobull, mar fhacal an De bheò. Sin an creideamh air am feumar seasamh gu làidir an diugh, is tha na h-uile dhaoine aig a bheil gaol air an t-soisgeul fo chomain mhór do Charl Barth, a

chionn gu bheil e a' teagasg gur e am Biobull an riaghailt neo-mhearachdach a thug Dia do'n t-saoghal a thaobh creidimh agus beatha.

Tha iomadh rud eile an teagasg an diadhair so nach 'eil mise a' tuigsinn, iomadh ni a tha dorchadh dhomh, ach cha téid dad ceàrr ged bhiodh na nithean sin dorchadh gu bràth. Oir is e eridhe na cùise, co dhiubh a tha againn anns a' Bhiobull oidhirp mhic an duine air ruighinn air an Dia neo-fhaicsinneach agus neo-aithnichte, le reuson féin, no foillseachadh gràsmhor bho Dhia a bhris an roinn-bhrat eadar an saoghal so agus saoghal eile chum gu'n tugadh e còlas air a smuaintean agus air a rùintean do'n chinneadh-daonna. Anns a' Bhiobull tha Dia a' labhairt; iadsan a dh' éisdeas r'a ghuth, bithidh iad beò.

Aig an Uinneig

Litreachadh na Gàidhlig

BHO chionn greis fhuair mi litir bho dhuine-eigin a bhios a' leughadh nan duilleagan so, a' cur agus a' freagairt cheistean mu litreachadh na Gàidhlig. Cha do chuir e ainm ris an litir (ged nach robh dad innte nach faodadh e a ràdh a'm làthair); mar sin cha b'urrainn domh fios-freagairt a chur thuige.

Dh' fhaighnich e, "Car son a sgrìobh thu am facal ud?" agus "Car son nach do litrich thu am facal ud eile mar so?" Chan 'eil cuimhne agam a nis air na facail a bha ann, ach co dhiu a bha iad ceàrr no nach robh, tha fhios agam gu'm bi iomadh facal a' tuiteam bho bhàrr mo phinn-sa, agus iomadh dòigh-litreachaidh, ris nach bu mhaith leam seasamh an uair a chi mi iad an clòdh. Ma bhiodh Homer féin a' norradh air uairean, agus Urna Mór eile nach robh idir cho beusach ris, Iupiter, cò mise nach tigeadh turra-chadail orm?

Na'n tòisichinn air bruidhinn mu litreachadh na Gàidhlig cha bhiodh crìoch idir air an t-seachas sin. Tha mo cheann a nis liath, ach ged bhios càirdean laghach ag ràdh rium gur e an cogadh a liath e, tha fhios agam féin gu maith gur e sgrìobhadh na Gàidhlig a rinn e (a thuilleadh air an aois).

Chan 'eil aon riaghailt againn a thaobh litreachadh na Gàidhlig, air chor agus nach urrainnear a ràdh mu iomadh facal, Tha so ceàrr; no, Tha sud ceart. Ach chan 'eil sin a' ciallachadh gu'm faod gach sgrìobhaiche laghannan annasach a dheanamh dha féin, no facail a litreachadh mar a thoilicheas e. M'an cuir duine air bith a sgrìobhaidhean féin an clòdh, tha e iomchuidh dha (ma's duine e anns a bheil nàire) còlas a bhì aige air an dòigh-litreachaidh a fhuair sinn cheana bho sgrìobhadhairean maith agus sgoilearan maith. Gheibhear an dòigh-litreachaidh sin anns a' Bhiobull, agus

ann an leabhraichean eile nach ruig mi a leas ainmeachadh, agus ged nach 'eil e ceàrr dhuinn dealachadh ris an dòigh sin, ma tha an t-seann dòigh fada ceàrr, no ma tha i a' foluch no a' fìradh seagh no eachdraidh an fhacail, bhiodh e glic do sgrìobhadhairean òga am Biobull a leantuinn. Sin an leabhar air a bheil sinn uile eòlach, agus a dh' fhaodar a ghabhail mar riaghailt. Ach 'n a dhéidh sin uile, éiridh teagamh is iom-chomhairle 'n ad cheann a h-uile uair a chuireas tu peann air paipear; co dhiu a chuireas tu cromag an sud no an so! Air uairean bidh mise a' litreachadh fhacal air dhòigh nach 'eil a réir brìgh is eachdraidh an fhacail, a chionn gu bheil am Biobull 'g a litreachadh air an dòigh ud, agus gur toigh leam am Biobull a leantuinn.

Bheirinn ceithir comhairlean air daoine a bhios a' sgrìobhadh Gàidhlig:

(1) Am Biobull Gàidhlig a bha air a chur a mach an 1902 a bhì aig an làimh daonna. Bidh sin tarbhach dhaibh ann an nithean eile a thuilleadh air litreachadh fhacal.

(2) Faclair Mhic Bheathain a bhì aig an làimh cuideachd. Ged nach robh MacBheathain e féin coimhlinta a thaobh litreachaidh b' aithne dha cumadh is eachdraidh fhacal bho thus an tòiseachaidh, is cumaidh e ceart sinn anns a' chuid sin.

(3) A' chuid as fheàrr a dheanamh de 'n chuid as miosa.

(4) Leigeil leis a' chu a tha 'n a chadal cadal.

Mu sgrìobhadh Gàidhlig

Tha e feumail gu'm biodh e air a theagasg do sgoilearan òga ciamar a litricheas iad facail gu ceart, ach tha e mòran na's feumaile gu'm biodh e air a theagasg dhaibh ciamar a chuireas iad na facail an eagaibh a chéile le grinneas is

snas. Ma tha beagan eòlais aig duine air gràmar na Gàidhlig, théid aige air na faicail a litreachadh gu ceart (no co dhiu gun mhearachdan nàrach a bhi ann) ach feumaidh e tuilleadh is sin a bhi aige m' an sgrìobh e Gàidhlig gu ceart; feumaidh e rian agus òrdalachd a bhi 'n a inntinn. Chan abair mi gu bheil rian agus òrdalachd an measg nam buadhan as àirde an inntinn mhic an duine, ach air a shon sin tha iad anabarrach feumail do dhuine air bith a bhios a' sgrìobhadh Gàidhlig, oir is e cion òrdalachd as màthair-aobhair do dhroch Ghàidhlig mar is trice. Tha e duilich òrdalachd no rian a chur an eanchainnean anns nach 'eil iad gu nàdurra; sin an t-aobhar gu'm bi daoine aig a bheil Gàidhlig mhaith, agus aig a bheil eòlas air gràmar cuideachd, a' sgrìobhadh droch Ghàidhlig.

Tha mòran dhaoine ann a bhios a' faotainn coire do sgrìobhadairean a bhios ag uisneachadh faicail Bheurla mur bheil faicail Gàidhlig aca a fhreagras. Ach cha rachainn leis na daoine sin idir, is cha mhò a thoirmisginn do sgrìobhaiche iasad fhaotainn o'n Bheurla cho tric 's a thogras e. Ach bheirinn an cead sin dha air an dà chunna so, (1) gu'n cuir e deise Ghàidhealach air an fhacal Bheurla, ma ghabhas e deanamh, agus (2) gu'm bi dreach is blas na Gàidhlig air an sgrìobhadh, a dh' aindeoin cia

meud facal Beurla a tha ann. Ged nach 'eil e tlachdmhor ri fhaicinn no ri chluinntinn Gàidhlig agus Beurla air an cothlamadh an measg a chéile, faodaidh fìor dhlùth is inneach na Gàidhlig a bhi 'na leithid sin de sheanchas no de sgrìobhadh, agus air an làimh eile, faodaidh sgrìobhadh Gàidhlig anns nach 'eil aon fhacal Beurla o thoiseach gu deireadh a bhi cho duilich a leughadh no thuigsinn 's gu'm bu cho mhaith dhuit e bhi air a sgrìobhadh an Eabhra no an Esperanto. Is e a' cheud rud, agus an dara rud, agus an treas rud, a bu chòir do sgrìobhadairean òga a chur romhpa féin, a bhi simplidh agus a bhi soilleir; gun bhi a' feuchainn ri bhi riomhach no ri bhi annasach is tapaidh 'n an cainnt, agus an inntinn a chumail daonnan air an fheadhainn a tha 'g an éisdeachd no 'g an leughadh, an àite an inntinn a bhi orra féin, agus air an glòir féin. Duine air bith a tha dol a sgrìobhadh, feumaidh e a smuaintean a dheanamh soilleir dha féin an toiseach; mur bheil iad soilleir dha féin cha bhi iad soilleir do dhaoine eile, agus cha bhi iad soilleir gu bràth mur bheil rian is òrdalachd 'na inntinn. Chan abrainn duine suaire no modhail ri duine air bith nach sgrìobh agus nach bruidhinn gu simplidh agus gu soilleir, oir is e cridhe na sìobhaltachd agus na modhalachd, an t-slighe a dheanamh réidh do dhaoine eile.

Ministearan Steòrnabhagh

DH' fhàg na seann Naoimh, agus an seana Chreidicamh, uiread de làraichean naomha an Leòdhas 's gu'm bithinn anabarrach toilichte na 'n cuireadh duine-eigin a tha eòlach orra cunntas thugam mu na h-àitean naomha sin a chuirinn anns na dùilleagan so.

Gus an tig sin, cuiridh mi sìos ainmean nam ministearan a bha an Steòrnabhagh bho àm an Ath-leasachaidh. Cha robh àite eile an Albainn anns an do rinn an t-Ath-leasachadh na bu lugha de mhùghadh na rinn e an Leòdhas fad dà cheud bliadhna.

Rob Durie (1598-1601)

An 1598 chaidh buidheann de dhaoine as a' Ghalldachd do Leòdhas, le cead Rìgh Seumas VI., a thoirt eòlas an t-soisgeil, agus lagh is riaghailt, do'n eilean. Theirear na *Creachadair-ean Fiofach* ris na daoine ud; shònruich Cléir Chill-Rimhinn gu rachadh Rob Durie, ministear An-sruthair, còmhla riu. Chaidh e do Leòdhas an dara uair an 1601, ach mu dheireadh bu bhuidhe leis teicheadh as. Bu duine e aig an robh inntinn làidir; chuir Seanadh na h-Eaglais air thurus soisgeulach e do na h-Arcaibh agus do Shealtuinn, is chuir an cruadh-fhortan mu dheireadh e air faondradh do'n Olaidh.

Fearchar Mac Rath (1610-?)

Bha stùil aig Mac Coinnich Chinn t-sàile an Leòdhas cho mhaith ris na Goill, is chaidh Fearchar Mac Rath, ministear Gheàrr Loch do Steòrnabhagh an 1610. Thubhairt e gu robh an sluagh aineolach air an t-soisgeul, agus gu robh mòran dhiubh a ràinig dà fhichead bliadhna fathast gu bhaisteadh.

Fearchar Mac-a-Chléirich, M.A. (1642-?)

Dòmhnall Moireasdan (1649-?)

Coinneach Moireasdan, M.A. (1689-1720)

Mac do Dhòmhnall Moireasdan, ministear Bharabhais; tha e air a ràdh gu robh e 'n a dhuine làidir, smachdail; gu'm biodh claidheamh air a leis an uair a bhiodh e a' coiseachd o'n Mhanse do'n eaglais air là na Sabaid, agus gu'm biodh dithis 'n an seasamh aig doras na h-eaglais agus claidheamh an làimh gach fir. Bha na h-amanna bruailleach. Bha nighean dha pòsda aig an Urramach Amhladh Mac Amhlaidh, ministear na Hearadh.

Daniel Moireasdan (1724-1746)

Leòdhasach a bha air oileanachadh an Cill-rimhinn; bha e air a shuidheachadh an Cill Bhrianain, an Earra-Ghàidheal, an 1705, is

chaidh e do Steòrnabhagh an 1724. Chaochail e an 1746.

Iain Mac-a-Chléirich, M.A. (1747-1772)

Bha e de mhuinntir Ionar-nis; air oileanachadh an Obar Dheathain, agus 'n a mhissionaraidh an Srath-ghlais m' an do shuidheachadh an Steòrnabhagh e an 1747. Bha baile fearainn aige a thuilleadh air a dhreuchd.

Iain Downie, M.A. (1773-1788)

Bha e air oileanachadh an Obar Dheathain; air a shuidheachadh an Geàrr Loch an 1758; chaidh e do Steòrnabhagh an 1773, ach dh'fhàg e Steòrnabhagh a dhol do sgrì Urrath, an 1788, far an do chaochail e an 1811. Bha sè duine deug de theaghlach aige; bha a mhac bu shine, Alasdair 'na mhinistear an Loch Aillse.

Cailean Mac Coinnich (1789-1815)

Bha e 'na mhissionaraidh 's an eilean Sgithcanach m'an deachaidh e do Steòrnabhagh. Ri linn a' mhinistear so bha trì mìle duine anns an sgìreachd; dhiubh sin cha robh ach deich ar fhichead a b' urrainn Gàidhlig a leughadh, agus seachd ceud a b' urrainn Beurla a leughadh. Cha leughadh an còrr Beurla no Gàidhlig. Bha seachdnar chloinne aige; bha Cailean, a mhac bu shine, 'n a mhinistear an Sildeag.

Simon Friseal (1815-1824)

Fhuair e cead searmonachaidh o Chléir na Cananaich, an déidh dha bhì air oileanachadh an Obar Dheathain; bha e còig bliadhna deug 'n a mhissionaraidh an Gleann Moireasdan m' an deachaidh e do Steòrnabhagh. Bha e air a bhàthadh air a' chuan eadar Leòdhas agus Geàrr Lòch.

Iain Camshron, M.A. (1825-1844)

Air oileanachadh an Obar Dheathain; chaidh e do sgrì Eadar-dun an déidh dha bhì an Steòrnabhagh; shiubhail e an 1854.

Iain Lees, M.A. (1844-1846)

De shliochd nam Fiofach a thuinig ann an Steòrnabhagh an linn Rìgh Seumas VI; bha e air oileanachadh an Obar Dheathain; bha e greis 'n a mhissionaraidh an Uidhist m' an deachaidh e do Lunnainn 'n a mhaighstir-sgoil, far an d' fhan e bliadhna ar fhichead. Cha robh e ach dà bhliadhna uile gu léir an eaglais Steòrnabhagh; shiubhail e 'n a dhuine òg. Bha ceathrar mhac aige; bha an fear bu shine, Seumas Camshron Lees, K.C.V.O., D.D., LL.D., 'n a mhinistear an Ard-eaglais Dhùn-éideann, ministear cho gasda agus cho glic 's a bha riamh an Albainn.

Iain Mac Rath (1847-1877)

An déidh an Dealachaidh thàinig e a nall á Canada, far an robh eaglais aige am Pictou,

Nova Scotia; bha e air a shuidheachadh an Cill iùrnain an 1845, is dà bhliadhna 'n a dhéidh sin chaidh e do Steòrnabhagh. Shiubhail e an 1877. Bha e pòsda dà uair; bha seachdnar chloinne aige o'n cheud mhnaoi, còignear mhac is dà nighinn. Bha fear d'a mhic, Dòmhnall Mac Rath, D.D., 'n a mhinistear urramach an Canada.

Gilleasbuig Dòmhnallach, D.D. (1878-1881)

Mac do Ruairidh Dòmhnallach a bha 'n a mhinistear an Uidhist a Deas; bha e air a shuidheachadh an sgrì Hinipol, an Tiriodh, an 1877. Chaidh e do Steòrnabhagh an 1878; á Steòrnabhagh chaidh e do Lagaidh, an siorramachd Rois, an 1881; á Lagaidh chaidh e do'n eaglais Ghàidhlig, an Grianaig, an 1885; á Grianaig chaidh e do Chill Tarlagain, far an shaothraich e gus an do leig e dheth cùram sgìreachd o chionn beagan bhliadhnachan. Chan 'eil ministear Gàidhealach eile a làthair an diugh a sgrìobh uiread ris an Ollamh Gilleasbuig Dòmhnallach, agus tha pongalachd, is sgoilearachd, is snas, anns gach leabhar a sgrìobh e. Co dhiubh a tha e a' bruidhinn no a' sgrìobhadh Gàidhlig chan aithne dhomh duine an diugh an Albainn a thig an uisge pa stiùrach aige.

Alasdair Stiùbhard (1881-1894)

Muileach a bha air oileanachadh an Glaschu; bha e air a shuidheachadh an Steòrnabhagh an 1881, ach dh'fhàg e Steòrnabhagh an 1894 a dhol do sgrì Dheibhidh, an Ionar-nis, far an do shiubhail e an 1922.

Eachunn Mac Fhionghuin, M.A. (1894-1897)

Tirisdeach a chaidh do Steòrnabhagh an déidh dha saothrachadh dà bhliadhna an sgrì a dhùthchais; á Steòrnabhagh chaidh e do Cheann Loch, an Cinn-tìre; á Ceann Loch chaidh e do Shettleston, an Glaschu, an 1905, far an do shiubhail e an 1913. Searmonaiche maith agus ministear fiachail a bha a' tighinn gu àrde a chumhachd, an uair a chaochail e m'an robh e ach sè is dà fhichead.

Dòmhnall Mac Fhionghuin (1897-1903)

Tirisdeach eile; bha e an Steòrnabhagh sè bliadhna; á Steòrnabhagh chaidh e do Ghleann Garaidh, á Gleann Garaidh chaidh e do Chill Naoinein, am Muile; á Muile chaidh e do Bhaile-a-mhuilinn, an Glaschu; á Glaschu chaidh e do Asainn, á Asainn chaidh e gu taobh Loch Fìnn.

Iain Stiùbhard Mac Caluim (1904-1913)

Rugadh an Cinn-tìre e; bha e an toiseach an Cill Chomain an Ile; á Ile chaidh e do Steòrnabhagh, á Steòrnabhagh do eaglais Ghàidhlig Ghrianaig, far an do chaochail e an 1918.

(*Ri leantainn*)



Na Tri Crùn

LEIS AN URAMACH UILLEAM A. GILLIOSA, B.D., ANNS A' CHEANN-MHOR

"*Chrùn thu e le glòir agus le h-urram.*"—SALM viii. 5.

THA Dia a' gairm dhaoine gu bhli'n an rìghrean agus gu bhli a' sealbhachadh trì crùn. An uair a chruthaich E an duine air tìs chuir E crùn nàduir air a cheann. Tha e air innseadh dhuinn gu'n do bheannaich Dia Adhamh agus Eubh agus gu'n d' thubhairt E riu, "biodh uachdaranachd agaibh os cionn éisg na mara agus os cionn eunlaith nan speur agus os cionn gach nì beò a ghluaiseas air an talamh." Thug Dia tuigse agus eòlas do 'n duine nach d' thug E do na h-ainmhidhean, agus mar so bha e comasach air a bhli a' riaghladh anns an t-saoghal. Tre pheacadh chaill an cinne-daonna tomhas mór de 'n chumhachd a bha aig ar ceud shìmsre. Thuit iomadh seud luachmhor as a chrùn, ach a dh' aindeoin sin tha sinn a' faicinn gu'm bheil an duine fhathast 'na uachdaran anns an t-saoghal. Tre an tuigse agus an t-eòlas nàdurra a thug Dia dha, tha an duine comasach air beathaichean an t-saoghail a cheamsachadh air chor agus gu'n dean iad a thoil. A thuilleadh air a so, thèid aige air srian a chur air cumhachdan fòlaichte nàduir. Ged tha cas an duine mall seach cas an eich thèid aige air carbad a dhealbh a shiubhlas ceud mìle anns an uair. Thèid aige air snàmh mar iasg fo'n fhaire agus éiridh e air sgiathan na gaoithe na 's àirde na'n iolaire. Ged nach 'eil neart na leòmhaime ann an gairdean an duine fhuair e cumhachd bho Dia nach 'eil aig creutair eile air thalamh. An uair a bha an salmàdair a' coimeas an duine 'na phearsa ri nithean móra a' chruthachaidh bha e 'ga fhaicinn beag agus lag agus thubhairt e 'na imtinn ri Dia "Cò e an duine gu 'm biodh tusa cuimhneachail air agus mac an duine gu'm fiosraicheadh tu e?" An uair a thug Dia do'n t-salmàdair sealladh air an staid urramach anns an deachaidh an duine a chruthachadh, thubhairt e "rinn thu e beagan na b'isle na na h-aingil agus chrùn thu e le glòir agus le h-urram." Nach bochd an nì, mata, gu'm feum sinn aideachadh nach 'eil a h-uile duine a' cur tiodhlac phrìseil Dhe gu buil mhath. Is tric a tha daoine a' tilgeil a' chrùn nèamhuidh anns a' pholl. Tha e fìor gu 'n "d' rinn Dia an duine dìreach ach dh' iarr iad fèin iomadh innealachd a mach." Leis na h-innealachdan so tha e gu minic a' mort agus a' marbhadh a chochreutair. Tha e a' cumail air ais rioghachd Dhe air an talamh. Ann an àite dha a bhi beagan na 's isle na na h-aingil, tha e gu tric na 's isle na na h-ainmhidhean. Ach thigeadh e dhuinne a bhi faicilleach agus a bhi toirt glòir

do Dhia leis na tàlant an a thug E féin dhuinn, oir thig an là anns an "d' thoir E do gach aon a réir a ghìomharra."

Tha Dia a' cur an dara crùn, crùn gràis, 'n ar tairgse tre Iosa Crìosd. Do gach aon a thig d'a ionnsuidh tha E a' gealltainn cuibhrioin ann an oighreachd neo-thruaillidh, agus neo-shalach nach searg as. Tha Dia a' toirt toradh an Spioraid do gach aon a tha a' deanamh seirbhìs Dhasan. Tha e a' cur crùn gràis os cionn a' chrùn nàdurra. Is iad na seudan a tha a' dealradh anns a' chrùn so "gràdh, aoibhneas sìth, fad-fhulangas, caomhalachd, maithreas, creideamh, malcantas, stuaim."

Anns an treas salm thar a' cheud tha Daibhidh a' gairm air anam Dia a bheannachadh agus tha e ag ràdh—"Se mhaitheas dhuit do pheacanna gu léir, a shlànuicheas t' easlaintean, a shaoras do bheatha o sgrìos, a chrùnas thu le coibhneas gràidh agus caomh thròcairean."

Tha an treasa crùn ri shealbhachadh ann an glòir. Tha Dia a' cur crìoch air gach obair air am bheil E a' toiseachadh. An duine a tha dileas anns a' bheatha so, tha e air fhàilteachadh aig ceann a thuruis mar dheagh sheirbhiseach. Chumnaic Eoin sealladh air na naoimh ann an làthair Dhe, oir tha e ag ràdh "rinn iad aoradh Dhasan a ta beò gu saoghal nan saoghal, agus thilg iad sìos an crùn an làthair na rìgh-chatrach." Thug na naoimh buaidh tre an Ceannard agus mar so tha e air a thoirt dhaibh a bhi riaghladh maille ri Rìgh na glòire. Chan 'eil sinne ann an dòigh sam bith a' toilltinn nan crùn a tha Dia a' toirt dhuinn mar shaor-thìodhlac. Chan urrainn dhuinn an cur air ar cinn le ar làmhnan fein mar a rinn Napoleon. An uair a chaidh esan a shuidheachadh mar rìgh air an Fhraing, dhiult e a bhi air a chrùnadh leis a' Phàpa mar bu nòs leis na rìghrean a bha air toiseach air. Thubhairt e gu'm b' ann le chomas fein a choisinn e an crùn agus uime sin nach gabhadh e an crùn á làmhnan duine sam bith. Chan ann mar so a tha sinne ann an làthair Dhe. Thug E dhuinne tuigse agus eòlas leis am bheil sinn comasach air a bhli 'g éisdeachd ris a' chuireadh ghràs mhor a tha E a' toirt dhuinn a bhli 'n ar rìghrean maille ri Mhac, Iosa Crìosd. Tha e a' cur a mach a Spioraid chum agus gu'n gabh sinn an crùn a tha e a' tairginn dhuinn, agus gu'm faigh sinn seilb air rioghachd nèimh. An uair a dh' fhoillsich e an t-àrd Bhuachaille "gheibh sinn crùn na glòire nach searg as."

An Cìobair Gallda

LEIS AN URRAMACH IAIN MACPHEARSAIN, M.A., TIGH-AN-UILLT

AIR feasgar grianach samhraidh 'nuair ràinig Abàta na smùide an cala ann an aon de na h-eileanan an Iar, chaidh mór-shluagh air tìr, cuid aca a' pilleadh a ris gu tìr an eòlais a chum gu'm faicadh iad an t-àite far an deachaidh an àrach ann an làithean ait an òige. Cuid eile dhiubh a' dol a ghabhail beachd, air son na ceud uaire, air an eilean; air cor agus suidheachadh an t-sluaigh. 'Nam measg so bha aon fhear agus feumaidh sinn geur-bheachd a ghabhail air, oir 's ann uime tha na leanas de mo sgeul.

Bha e 'n a dhuine àrd, cruaidh-chnàmhach, caol, mu dhà fhichead bliadhna de aois. Cha robh móran de chòmhdach air uile gu léir, ach còmhdach-cinn cha robh idir air.

Bha léine ruadh air 's i fosgailte sìos bho ubhal a sgòrnain gu lag a bhràghad. Bha briogais bheag odhar air, a' ruigheachd sìos gu leth na sléise dha is crios leathrach m'a mheadhonn 'ga cumail suas. Bha e a' giùlan màileid air a dhruim, is brògan làidir air a chasan. Bha bata garbh 'n a làimh is spìoc as a cheann air son greim math a dheanamh air an talamh 'nuair bhiodh e a' dìreadh nam beann.

Thachair seann duine air dlùth do'n chala, is dh' fheòraich e dheth an t-slighe dh' ionnsuidh na beinne a b' àirde 's an eilean. Nochd an seann duine dha an t-slighe ach aig a' cheart àm thuirt e ris, "tha mi a' smuain-eachadh gu'm bi sibh gu math sgìth ma tha sibh am beachd a' bheinn a dhìreadh agus an sin pilleadh air bhur n-ais an so mu'n tig an t-annoch.

"Chan 'eil tigh air an rathad a tha sibh a' gabhail ach tigh cìobair a tha aig bonn na beinne agus ma dh' fhaoidte nach bi àite aca air son coigrich mar tha sibhse."

"Ma thig an oidhche orm," ars an coigreach, "cha bhì eagal orm, oir, esan a dhionadh an so mi dìonaidh e an sud mi. Nach 'eil cuimhne agad mar thuirt an Salmadair,

*"Is e Dia féin as buachail dhomh
Cha bhì mi ann an dìth,
Bheir e fa'near gu'n luighinn sìos
Air chuainibh glas le sìh."*

Dh' fhàg e beannachd aig an t-seann duine is ghabh e a thurus chum nam beann.

Dhìrich e a' bheinn, is anail 'n a uchd, air eagal an annoch. Chunnaic e sealladh air cuan is talamh a lìon a chridhe le aoibhneas, is thug e ann an làrach nam bonn teas ghràdh do dhùthaich nam beann.

Dh' fhàs e gu math sgìth mu'n do ràinig e

bonn na beinne agus an uair a thàinig e gu tigh a' chìobair smuainich e gu'n tadhladh e a stigh gu fàilte a chur orra. Ghabh e beachd air an tigh; bha a bhalla iosal leatham 's e gun aoladh. Bha e air a thughadh le fraoch is deagh chruach mhòna aig an dorus.

'Nuair a bhual e aig an dorus thàinig bean an tìghe 'ga fhosgladh agus an uair a chunnaic i coltas an duine 's ann a ghabh i car de thionndadh. Cha b' urrainn i gun amharc air na casan caola 's air a' bhriogais bhig. Chuir iad fàilt air a chéile.

"Bhithinn fada 'n ur comain," ars esan, "na'n tugadh sibh dhomh cùpan tea oir tha mi sgìth a' coiseachd."

"Tha tea gu leòir agam, ars ise, "ach tha eagal orm nach còrd am biadh ruibh. Tha sinne fada bho bhuthan agus glé thrìc cha bhì e furasda dhuinn gnothuichean fhaotainn, ach ma ghabhas sibh-se an rud a tha agam, 's e làn dìth bhur beatha 'ga ionnsuidh."

"Tha mi toileach," ars an coigreach, "chan fhaod duine acrach a bhith tàireil air biadh."

"'S e, ars esan, cìobair a ta anns an duine agad agus 's e cìobair a ta annam féin cuid-eachd."

"Ma ta," ars a' bhean, "chan 'eil coltas cìobair idir ort," agus thug i sùil eile air na casan caola aige.

"A bheil treud mór agad?"

"Tha," ars esan, "seachd ceud, agus tha cuid dhiubh draghail gu leòir dhomh."

"Creididh mi sin," ars a' bhean, "oir chan 'eil treud sam bith gun caora dhubh."

"Tha eagal orm," ars esan, "nach 'eil sibh 'g am thuigsinn; is e ministear a ta annam."

"Dhia seall orm!" ars a' bhean, agus i toirt sùil air a' chreutair leth-ruisgte a bha ri taobh na cagailte aice.

Chaidh i air aghart ag ullachadh na tea ann an ceann shìos an tìghe. 'Nuair bha am bòrd air ullachadh thug i cuireadh dha gu dhol 'ga ionnsuidh.

Sheall i a mach troimh an uinneig is chunnaic i an duine aice a' tighinn o'n mhonadh. Choinnich i aig an dorus e, is thuirt i ris le fiamh a' ghàire "S ann fhuaire mise fear eile o'n dh' fhalbh thu, Chalum."

"Nach mi tha toilichte féil a bhith fhathast ort! Co é?"

"Chan 'eil fhios agam gu dearbh, tha e féin ag ràdh gur e ministear a tha ann, ach chan 'eil mise 'ga chreidsinn; chan 'eil éideadh ministear air, is cha mhò tha choltas air."

'Nuair bha an coigreach sàsichte ghlaodh

e air bean an tighe agus thug e buidheachas dhith air son a' bhùird a dheasaich i fa chomhair.

Bha am bòrd aice cùirnichte le tubhailt ghil. Bha bonnaich, aran coiree, im is càise air, a rinn i féin, agus iasg ùr a thug Calum dhachaidh.

“Is iomadh,” ars esan, “tigh-òsda 's an do ghabh mise biadh ach cha d' fhuair mi riamh biadh a chòrd rium cho math sud. Cho fad 's a bhios biadh mar sin agaibh-se faodaidh sibh a bhith coma ged nach biodh marsanta an taobh so de Thigh Iain Ghròta, an Gallaibh. O'n nochd sibh a leithid de choibhneas dhomh bu toigh leam an oidheche so a chur seachad maille ruibh.”

Dh' aontaich iad gu 'm faodadh e sin a dheanamh.

Chaidh Calum a mach is bhuaire e fraoch is rinn e leaba dha air, Chan 'eil iad ach tearc an diugh d'an aithne sin a dheanamh.

'Nuair dh' fhàs e annoch dh' fheòraich e dhiubh an robh iad a' gabhail an Leabhair mu'n rachadh iad a laighe.

“Tha,” arsa bean-an-tighe, “agus 's i a' Ghàidhlig tha sinn a' cleachdadh. Ach bho nach 'eil i agaibhse gabhaidh sinn a' Bheurla féin a nochd, agus théid sibh féin an ceann an aoraidh.”

Rinn e sin agus leugh e dhaibh na briathran a leanas :

An uair a thig mac an duine 'n a ghlòir, agus na h-aingil naomha uile maille ris, an sin suidhidh e air caithir rìoghail a' ghloire.

Agus cruinnichear 'na làthair na h-uile chinuich; agus sgaraidh e iad o chéile amhuil a sgaras buachail na caoraich o na gabhraibh.

Agus cuiridh e na caoraich air a làimh dheis agus na gabhair air a làimh chli.

An sin their an Rìgh rìusan air a dheis, Thigibh, a dhaoine beannaichte m' Athar-sa, seabhachibh

mar oighreachd an rìoghachd a ta air a deasachadh dhuibh o leagadh bunaite an domhain.

Oir bha mi ocrach agus thug sibh dhomh biadh : bha mi tartmhor agus thug sibh dhomh deoch, bha mi a'm choigreach agus thug sibh aoidheachd dhomh.

Lomnochd, agus dh' eudaich sibh mi : bha mi euslan, agus thàinig sibh 'g am anharc : bha mi am prìosan, agus thàinig sibh a'm ionnsuidh.

An sin freagraidh na fireana e ag ràdh, A Thigearna, c' uin a chunnaic sinn ocrach thu, agus a bheathaich sinn thu? no tartmhor, agus a thug sinn deoch dhuit.

No c' uin a chunnaic sinn a'd choigreach thu, agus a thug sinn aoidheachd dhuit, no lomnochd, agus a dh' eudaich sinn thu?

No c' uin a chunnaic sinn euslan thu, no am prìosan, agus a thàinig sinn a' d' ionnsuidh.

Agus freagraidh an Rìgh agus their e riu, Gu deimhin ata mi ag radh ribh, a mhead 's gu'n do rinn sibh e do aon de na bràithribh as lugha agam-sa rinn sibh dhòmh-sa e.”

An déidh an aoraidh ghabh iad mu thàmh ; chaidh an cìobair Gallda mar chloich, is faile cùbhraidh na meala bhàrr an fhraoich mu'n cuairt da. 'Nuair a dhùisg e bha griann an maidne gu h-àrd anns an speur.

'Nuair ghabh e a lòn maidne rinn e a h-uile ullachadh feumail air son na slighe. Thairig e airgid do bhean-an-tighe, ach bonn dheth, ged bu bhuidhe leis, cha gabhadh i. Bheannaich e iad ann an ainm na Trionaid, is ghabh e rathad.

* * * * *

'Nuair thàinig a' bhliadhna 'ùr fhuair Calum aon latha bocsan fada caol o'n Phost, agus dh' fhalbh e gu sundach dhachaidh leis. 'Nuair a dh' fhosgail se e, chunnaic e gu soilleir gur ann bho'n Chìobair Ghallda bha e ; dà Bhiobull ùr Gàidhlig os cionn a chéile.

Ministear Mór a' Chlaidheimh

LEIS AN URRAMACH TÒMAS M. MACCALMAIN, M.A., MINISTEAR GHLINN EILGE

ÀIG àm an Ath-leasachaidh, an uair a fhuair eadh saorsa o chuing na Ròimhe, dh'fhan Eaglais Shasunn 'n a h-caglais easbugeach mar bha i roimhe, ach rinneadh Eaglais na h-Alba 'n a h-eaglais chléireachail. Ach bha na rìghrean Stiùbhartach air son gu'm bitheadh easbugean ann an Alba mar bha ann an Sasunn, oir air leotha gur e sin a b'fheàrr a fhreagradh air an rùintean fhéin ; agus dh'fheuch iad gu dian, an dà chuid le lagh agus le faobhar a' chlaidheimh, ri easbugeachd a shuidheachadh ann an Alba, agus b'ann bhuaith sin a dh'éirich geur-leanmhuinn fuilteach nan Covenanters, na h-Albannaich a rinn cùmhnant a bhi dileas do'n

chreideamh ath-leasaichte agus do riaghladh cléireachail.

Fa-dheòidh chaidh na Stiùbhartach fhògradh as an rìoghachd, agus thugadh crùn Bhreatuinn do'n Rìgh Uilleam, agus ann an 1690 chaidh Eaglais na h-Alba a stéidheachadh 'n a h-caglais chléireachail mar tha i an diugh, agus gach bliadhna o'n uair sin tha an rìgh a' toirt fhacail gu'n cumar mar sin i.

Ann an 1715 agus an 1719, agus a rithisid ann an 1745, rinneadh ionnsuidh air a' chrùn aiseag air ais do na Stiùbhartach, ach dh'fhàilnich gach oidhirp. Mar sin, air son àireamh bhliadhnaichean bha sluagh na rìoghachd, so 'n

an dà bhuidheann, cuid air taobh nan Stiubhartach, agus an fheadhainn eile ag aontachadh gu cridheil leis an riaghailt ùr.

Bha luchd-leanmhuinn nan Stiubhartach aon chuid 'n am pàpanaich no 'n an easbuigich, agus mar sin a' fuathachadh na h-eaglaise cléireachail, oir bha ise a' cur a taic ris na rìghrean ùra. Bha a' mhór-chuid de chinn-feadhna na Gàidhealtachd air taobh nan Stiubhartach; agus b'e toil nan uachdaran lagh an t-sluaigh. Cho fada 's is fiosrach sinne, cha robh dad de eòlas air an t-soisgeul aig sluagh cumanta na Gàidhealtachd 's an àm ud; 's e bha aca treamsgladh de gheasan agus ubagan. Ma dh'fhaodar ainm a thoirt air an t'seòrsa creidimh a bha aca, is e bha ann " creideamh a' bhata bhuidhe," bata buidhe an uachdaran. Mar sin, le dilseachd do an cinn-feadhna, bha iad a' nochdadh nàimhdeis do na ministearan cléireachail, na ministearan *Cuigseach* (" *Whig Ministers* "), mar a chanadh iad.

Air an aobhar sin cha d'rinn obair an Ath-leasachaidh adhartas mór sam bith anns a' Ghàidhealtachd, agus chum an obair sin a ghreasad chuir an t-Ard-sheanadh air chois, ann an 1724, Seanadh Ghlinn Eilge, a' gabhail a steach ann ceithir cléirean; Cléir an Eilein Fhada (o Rudha Robhanais gu Ceann Bharraidh), Cléir an Eilein Sgitheanaich, Cléir Obar-thairbh (*Abertarff*), agus Cléir Gheàrr-loch (ris an abrar a nis Cléir Loch Carrann). Bha Cléir Gheàrr-loch aig an àm ud a' gabhail a steach seachd sgìreachdan móra; Asainn, Geàrr-loch, Loch Bhraoin, Loch Carrann (agus a' Chomraich), Loch Aillse, Cinn t-Sàile (agus Gleann Seile), agus Gleann Eilg (le Cnòideart agus Mòrar). B'fharsuing am fion-lios, ach bu tearc an luchd-saothrach.

Anns a' Chléir mhóir sin cha robh an toiseach ach trìuir mhinistearan, Murchadh MacLeòid an Gleann Eilg, Iain MacKillican an Loch Aillse, agus Seumas Mac a' Ghobhainn an Geàrr-loch.

Dorchadas na tìre

Bu chruaidh am fearann a bha ri threabh-adh. Ann an 1724, an uair a chaidh a' Chléir a chumail coinneimh an Loch Aillse, a shealltuinn car son nach robh MacKillican a' fuireach 'n a sgìr fhéin mar bu chòir dha, dh'fhuadaich gràisg nàimhdeil de na h-Aillsich a mach as an sgìreachd iad le mionnan agus builleann, air chor agus gu'm b'éigin do'n Chléir an ath choinneamh a chumail ann an sgìreachd Chill-Mhorag air taobh a mach nan crìochan aca fhéin.

Dh'eug MacKillican an 1725, agus dh'fhàgadh Maighstir Murchadh agus Maighstir Seumas 'n an dithis, ach cha b'fhada gus an tàinig d'an ionnsuidh fìor cheatharnach a rinn ri ùine agus le mór-shaothair na cèarnan aineolach ud a thoirt fo riaghladh lagh na rìoghachd agus fo

bhuaidh soisgeul Chrìosd. B'e so Aeneas Sage, dà bhliadhna dheug thar fhichead a dh'aois aig an àm (1726), sia troighean agus dà òirleach a dh'àirde, làidir 'n a phearsa, gaisgeil 'n a ghiùlan, agus daingean anns a' chreideamh; agus gu dearbh b'fheumail dha, mar a ch'è sinn, gach buaidh corporra agus spioradail a bha aige. Tha mórán m' a thimchioll r'a fhaighinn ann an leabhar a sgrìobh ogha dha, Domhnall Sage (" *Memabilia Domestica* "); agus as an leabhar sin, agus á leabhraichean eile, agus gu sònruichte á leabhraichean na Cléir, bheirear an cunntas a leanas.

Rugadh Sage ann an sgìr Chill-Iùrnán, agus an déidh oileanachadh an Obar-Dheadhainn bha e greis 'n a mhaighstir-sgoile ann an Logaidh-an-Iar agus an Cròmbaidh, gus an tugadh dha cead searmonachaidh ann an 1725 le Cléir Bhaile-Dhubhthaich, agus air a' bhliadhna sin fhéin chuir Cléir Gheàrr-loch a shearmonachadh e ann an sgìr Loch Carrann (ris an robh sgìr na Comraich ceangailte aig an àm). Air an ath bhliadhna rùnaich a' Chléir gairm a thoirt dha gu bhì 'n a mhinistear ann an Loch Carrann, a bha bàn air son àireamh bhliadhnaichean. Mar dhearbhadh gu'n robh e iomchuid air son dreuchd na ministrealachd liubhair e air beulaibh na Cléir òraid Ghàidhlig air Salm xv, agus searmon Beurla air Eabh. xiii. 13, agus chaidh a cheasnachadh ann an Eabhra agus Greugais, agus shuidhich eadhlatha air son a phòsadh ri eaglais Loch Carrann.

Cha bu chaomhail an fhàilte a thugadh do 'n mhinistear ùr. B'fheudar dha còmhnuidh a ghabhail ann an sabhal truagh eu-dìonach. Ceithir oidhchean mus deachaidh a phòsadh ris an eaglais, an uair a bha e fhéin agus dithis mhinistearan á Cléir an Eilein Sgitheanaich (Daniel MacAmhlaidh, ministear Bhàrcadail, agus Gilleasbuig MacCuinn, ministear Shnìsord) 'n an suain anns an t-sabhal, chuireadh teine ris an fhàrdaich. Am feadh a bha an dithis eile a' sabaid ris an lasair, leum Sage a mach; rug e air an eucorach a rinn an gnìomh; agus shlad e air ais do'n t-sabhal e.

"Dé thug ort sud a dheanamh?" arsa Sage.

"Rinn," fhreagair an duine, "chum na ministearan Cuigseach fhuadach as an sgìr so; ach tha mi an greim agaibh a nis, agus deanaibh bhur dìoghaltas orm."

"Ni sinn sin," arsa Sage, "ach thoir fainear ciamar."

Thug iad biadh agus deoch, agus beannachd Dhé leis, do'n truaghan acrach, agus an sin thuirt Sage ris, "Bi falbh a nis, agus innis do d' choimhearsnaich dòigh-dioghaltais nam ministearan Cuigseach."

Cha do chuir tubaist na h-oidhche so bacadh air Sage còir. Choinnich a' Chléir, shearmonaich Gilleasbuig MacCuinn air Ezekiel iii. 6

(briathran glé fhreagarrach anns a' chùis), agus chaidh Sage a phòsadh ri eaglais agus sgìreachd Loch Carrann, agus tha leabhar na Cléir ag innse gu'n do ghabh an coimhthional a bha làthair ris mar am ministear le breith air làimh air.

B'è dùthaich fharsuing a bha aige ri fhrith-ealadh, gu sònruichte ann an làithean anns nach robh aon chuid carbadan-ola, no rothairean ann, no eadhon rathaidean-móra, ach chaidh Sage gu dealasach an car na h-oibre, agus ann an aon bhliadhna, tha e fhéin ag innseadh, shiubhail e còrr agus naoi ceud mìle. Bha eaglais na sgìreachd air tuiteam as a chéile, agus bha aige fhéin ri còmhnuidh a ghabhail ann an tigh-tughaidh beag; ach air leis gu'm bu shuarach sin na 'm faigheadh facal an Tighearna cothrom ruith agus a bhì air a ghòrachadh am measg an t-sluaigh, ach sin cha d'fhuair e air son iomadh bliadhna.

Dh'armaich Sage e fhéin, chan e mhàin le claidheamh an Spioraid, ach mar an ceudna le daga agus biodag agus claidheamh mór, agus b'fheumail sin dha ann a bhì tadhal air a' choimhthional.

Chaidh e latha a chumail coinneamh ann an tigh air chor-eigin, agus cò bha aig an doras ach fear an tighe, duine borb ain-diadhaidh, aig an robh boirionnach a' fuireach còmhla ris, agus teaghlach aice ris, agus gun iad pòsda.

"Dé thug an so thu?" arsa an duine.

"Thàinig mi," thuirte Sage, "a choimhthional mo dhleasdanas do Dhia, do d' choguis, agus do m' choguis fhéin."

"Is coma leam na trì aca," fhreagair an duine, "bì falbh á so, air neo cuiridh mi mach thu."

"Chì sinn," arsa Sage, agus an uganan a chéile ghabh iad.

Bu treun iad le chéile, ach an ceann tacain bha fear an tighe 'n a shìneadh air an ùrlar, ceangailte eadar làmh agus chas, na nàbuidhean air an cruinneachadh a steach, agus Sage a' gleachd ann an ùrnuigh air son anam an duine.

B'è bhuihl a bha ann gu'n do phòs an duine am boirionnach, agus 'n a dhéidh sin chaidh iompachadh.

Bha fear eile ann an Toscaig, air a' Chomraich, Calum Ruadh Thoscaig; bha e pòsda, ach bha boirionnach eile anns an tigh còmhla ris, agus clann aice ris, Mairearad Nighean Dhòmhnuille Dhuinn Mhic Rath. Air son bhliadhnaichean dh'fheuch a' Chléir air a h-uile dòigh coguis Chalum a ruigheadh; ghairmeadh e gu iomadh seisein; air uairean thigheadh e, le seòrsa de aithreachas air, ach leis an leth-sgeul nach fhanadh Mairearad air falbh o'n tigh aige; aig amannan eile bheireadh e dùbhlán do 'n Chléir. Mu dheireadh ràinig Sage an tigh. Tharruing Calum a mach a bhiodag, agus an tiota bha claidheamh Shage a mach as an truaille. Chan 'eil cunntas gu'n

do ghabh Calum Ruadh Thoscaig gnothuch ri Mairearad riamh an déidh sin, no ise ris-san.

An àite dhol do 'n eaglais air an t-Sàbaid, is ann a bha a' mhór-chuid de na Carranaich a' cruinneachadh air léanag fichead slat o 'n eaglais, a charachd agus a thilgeil an ùird agus a dh'iomairt chleasan eile. Rinn Sage na b'urrainn e air son toirt do 'n eaglais, ach dh'fhàilnich air. Mu dheireadh gheall e do fhear aca gu'n tugadh e dha punnd snaoisein gach uair a thigeadh e a dh'éisdeachd. Chaidh am bargan a chumail; agus ri ùine rinn searmonachadh Shage a leithid de dhrùdhadh air an duine agus gu'n do dhiùlt e tuilleadh snaoisein a ghabhail, agus fa-dheòidh chaidh iompachadh.

Aig àm eile b'fheadar do Shage dòigh fhaotainn air cuideachd ghillean a chumail o thigh a chuir 'n a theine, agus b'è an dòigh a ghabh e, mìr arain is càise agus gloine uisge-beatha an urra a thoirt dhaibh.

Am Ministear 's am Bàillidh

B'è Cailean Ruadh MacCoinnich bàillidh oighreachd Loch Carrann, agus bha aige ri a thuarasdal a phàigheadh do Shage gach uair a thogadh e am màl, agus o'n bha gràin a chridhe aige air Sage bu doirbh leis an stipinn a phàigheadh. Aig aon àm màl, thog Cailean air gu Caisteal Bhrathain leis a' mhàl, agus gun ghuth air a' mhinistear a phàigheadh. Chaidh Sage air a thòir, agus thàinig e air an ath mhaduinn an uair a bha am bàillidh aig a lòn-mhaidne ann an tigh-òsda faisg air Inbhir Pheofharan. Cho luath agus a nochd am ministear anns an doras, leum Cailean air a bhonnaibh le chlaidheamh 'n a dhòrn, ach mus canadh tu trì bha e 'g a thomhas fhéin air an làr. An sin spàrr Sage ceann Chaillein suas anns an t-simileir, agus ghlaodh am bàillidh air son tròcair, nì nach d'fhuair e agus an do gheall e an stipinn a phàigheadh. Chaidh sin a dheanamh, ach ann am fàirdeinean.

An déidh sia bliadhna, leis gach tàir agus tàmailt a fhuair e, smuainich Sage nach robh e gu math sam bith a bhì strì na b'fhaide, agus ann an 1731 chuir e litir a dh'ionnsuidh na Cléir, anns an d'rinn e iomradh air na duilgheadasan a bha 'g a shàruchadh. "Tré Chrìosd g' am neartachadh," arsa esan, "thàinig mi do'n sgìreachd so ann an 1726, ged b'ann aig cunnart mo bheatha, agus gu dearbh bha mi an cunnart, oir ceithir oidhchean mus deachaidh mo phòsadh ris an eaglais, chuireadh teine ris an fharðaich anns an robh mi fhéin agus dithis mhinistearan Sgitheanach 'n ar cadal, ach cha do ghearain mi riamh air sin agus an so. O 'n uair sin chaidh iomadh bagradh a dheanamh orm, mo bhàthadh no peillear a chuir annam air an rathad-mhór, agus tha uaislean àraidh anns an sgìr, luchd-leanmhuinn nan Stiùbhartach,

a' maoidheadh geur-leanmhuinn a dheanamh orm le lagh; agus thàtar a' cur maslaidh air mo dheagh chliù agus a' togail sgannail mu m' thimchioll. Cha d'fhuair mi sgillinn thuaras-dail riamh gun dol gu lagh air a shon. Ach a dh'aindeoin so uile, ged nach bitheadh agam ach na luideagan agus òirleach arain, dhùraiginn cumail orm na'm b'è agus gu'n robh dearbhadh sam bith ann gu'm bheil mo mhinistrealachd a' giùlan toraidh anns a' cheàrn so. Ach chan 'eil ach aon teaghlach a' tighinn gu frithheilteach do'n eaglais, agus tha iad fhéin a' fulang geur-leanmhuinn air son sin. Agus tha eadhon ainm na h-eaglaise Cléireachail air fhuathachadh gu nimheil anns an sgrì so. Mar sin, ged is cruaidh leam a ràdh, tha m'obair crìochnaichte anns a' cheàrn so, agus bu mhath leam le cead na Cléir m' aghaidh a chuir air ceàrn air chor-eigin eile de 'n fhìon-lios, ma cheadaicheas am Freasdal dhomh gairm fhaighinn gu coimhthional eile."

Thug a' Chléir dha cead falbh, ach shaothraich Sage còrr agus da fhichead bliadhna eile ann an Loch Carrann, agus bu mhór an toradh a chunnaic e anns na làithean deireannach.

An uair a bha Sage a' marcachd a dh'Inbhir Pheofharan, ghoirid an déidh Blàr Chùil-lodair, bha duine air fholach air cùl creige ann an Srath Chonain, a' feitheamh ri cothrom fhaotainn air Sage a mhòrt anns an dol seachad. An uair a ràinig Sage an t-àite, agus gun fhios aige dé bha feitheamh air, stad e tacan, agus am feadh agus a bha an t-each a' criomadh bileagan feòir chaidh e fhéin a dh'ùrnuigh. Thàinig an nàmhaid a mach o chùl na creige, agus a' bhiodag 'n a dhòrn, chum an gnìomh oillteil a dheanamh, ach chuir ùrnuigh a' mhinisteir stad 'n a làimh. Dh'fhosgail Sage a shùilean, chuir e fàilt air a' choigreach, agus ghabh iad an rathad le chéile. Mus d'ràinig iad an ceann-uidhe bha atharrachadh nan gràs air tòiseachadh anns an duine.

Smachd na Cléire

Aig trì fichead bliadhna agus a dhà dheug a dh'aois, chaidh Sage a dhìteadh leis a' Chléir air son dithis a phòsadh ann an uaigneas. Bha nighean òg, "Flòraidh Bhuidhe," nighean Iain Mhic Rath Chonchra, agus duine òg, Murchadh MacMhathain an Loch Aillse, a' leanannachd. Cha robh Murchadh ach bochd, agus bha seann bhodach grannda beartach anns an nàbuidheachd ag iarraidh Flòraidh a phòsadh an aghaidh a toile. Bha a pàrantan air taobh a' bhodaich, agus shuidhich iad latha air son na bainse. Air iarrtus na càraid òg, dh' fheuch Sage ri stad a chuir anns a' ghnòthach, ach dh'fhàilnich air. An sin theich Murchadh agus Flòraidh ann am bàta a null gu eilean beag ann an Loch Carrann, far an robh Sage 'g am feitheamh, agus phòs e an sin iad. Chaidh an

ceòl air feadh na fìdhle an uair sin, agus bha an dearg-chuthach air a' bhodach agus air pàrantan Flòraidh, agus dh' fheuch iad ri Sage a pheanasachadh. Thàinig a' chùis air beulaibh Seanadh Ghlinn Eilge agus Cléir Ghearr-loch; ach sheas cuid de uaislean na dùthcha ('n am measg bha MacLeòid Dhun-bheagain) air taobh Shage. B'è an leth-sgeul a bha aig Sage do 'n Chléir, gur e Pàpanach a bha anns a' bhodach, agus gu'n tionndadh Flòraidh 'n a ban-phàpanach cuideachd na 'n robh i air a phòsadh. Ghabh a' Chléir ris an leth-sgeul, agus (a réir leabhraichean na Cléir) "chronaich iad Maighistir Sage, agus bha iad air barrachd peanais a chuir air ach gu'm bheil truas aca dha agus e a nis glé shean agus mar sin buailteach do mhearachdan agus anmhuinneachdan na h-aoise."

Chaidh òran a dheanamh mu 'n phòsadh so, anns am bheil an rann so mu thimchioll Sage agus a luchd-casaid:

*"Thubhairt an sin an Saigeach liath,
Tha mi trì fichead bliadhna 's sia,
'S chan fhaca mi an duine sin riamh,
O 'n gabhainn fear is cainnt."*

(A réir leabhraichean na Cléir, bha Sage còrr is trì fichead agus a sia aig an àm.)

Ann an 1753, rinn Sage casaid an aghaidh Aeneas MacAmhlaidh, ministear na Comraich, ag ràdh gu'n robh MacAmhlaidh a' teagasg mhearachdan ann an searmon a liubhair e ann an eaglais na Comraich uair a bha a' Chléir an làthair. B'è an ceann-teagaisg, Gníomh. xvii. 28, "Oir is sinne fòs a ghineal-san." "Bha an searmon gu léir," arsa Sage, "a' feuchainn ri dhearbhadh gu'm bheil reuson an duine gu nàdurra comasach air clann nan daoine a theagasg mu dhìomhaireachd Dhé anns an fheòil agus mu fhulangasan an Eadar-mheadhonair; agus ma's fìor an teagasg sin, ciod e am feum a bha ann air foillseachadh gràis agus slàinte trid Slànuihear an t-saoghail."

Bha MacAmhlaidh, a réir coltais, a' teagasg gur e Dia Athair nan uile, agus gur bràithrean sinn uile d'a chéile, eadhon Crìosdaidhean agus ana-Crìosdaidhean. Thàinig a' chùis air beulaibh na Cléir agus an t-Seanaidh, agus lean an ghnòthach air beulaibh an Ard-sheanaidh air son bhliadhnaichean. Mu dheireadh, b'è so breith an Ard-sheanaidh ann an 1759, gu'n robh "cainnt mhi-chiatach agus dorcha" ann an searmon MhicAmhlaidh, ach nach bu chòir do Shage a bhì ro bhraas a' sìreadh mhearachdan gun aobhar. Chombarlaich Seanadh Ghlinn Eilge do MhacAmhlaidh gun a bhì searmonachadh os cionn comas-tuigse a luchd-èisdeachd.

Bliadhna no dhà mus do chaochail e, chail Sage fradharc aon sùla le amharc air a' ghréin tré ghloine-amhaire. Air leabaidh a bhàis thubhairt e ri té d'a theaghlach, "A Mhàiri, na

bi gul mar an dream aig nach 'eil dòchas, oir ma chreideas sinn gu'n d' fhuair Iosa bàs agus gu'n d' éirich e rithisd, amhuil sin mar an ceudna an dream a chaidil ann an Iosa bheir Dia maille ris." B'iad a bhriathran deireannach, "A Thighearn Iosa, gabh ri mo spiorad."

Dh'eug e ann an 1774, aig ceithir fichead bliadhna a dh'aois, agus an déidh bhí 'n a mhinistear an Loch Carrann fad dà fhichead bliadhna agus a h-ochd. Ann an sean chladh Loch Carrann chithear leac-lighidh Shage, leis na briathran so sgrìobhte ann am Beurla :

An Laoidh Bheurla, 197

THA anail bhlàth an Spioraid Naoimh
'Soillseachadh Firinn Dhé ;
Bheir àitheantan is geallaidhean
Naomhachd le 'n solus réidh.

Tha 'n duilleag naomha so mar òr,
Aillidh le glòir na gréin ;
Tha i toirt soluis do gach linn
Oir 's dorcha iad leò féin.

Bha riamh is tha an làmh so còir,
Toirt blàiths is soluis chaoimh ;

MAR shoills air firinn t' fhacail thig
Anail an Spioraid chaoimh ;
Bheir geallaidhean is reachdan glie
Do'n tuigse solus naomh.

Tha glòir air clàr an Leabhair ghrinn
Mar òradh gathan gréin'
'Toirt soluis ùir do chlann gach linn
Gun iasad iarr' dhi fhéin.

'S an làmh a las an teime-ùil
Nach cùm i ruinn a teas ?

"Chòmhraig e deagh chòmhrag a' chreidimh, chriochnaich e a thurus, ag ràdh mar thubhairt an t-Abstol Pòl, 'Dhomh-sa bhi beò is e sin Criosd, agus bàs fhaotainn is buannachd dhomh so.'"

Glé fhaig air uaigh Shage tha uaigh Mhaighistir Lachlainn ainmeil. Bu mhór am beannachd a thug Eaglais na h-Alba do sgìreachd Loch Carrann agus do'n taobh tuath tré an da mhinistear fhoghainteach ud, Aeneas Sage agus Lachlainn MacCoinnich. "Air chuimhne gu bràth bithidh am firean."

Os cionn gach tìr bidh bhriathran fìor ;
Seasaidh iad shuas a chaòidh.

Sìor-bheannachd gu robh dhuit, a Dhé,
Gu'n tug thu sealladh dhuim,
A lasas suas an saòghal ciar
Le dealradh nèamhaidh grinn.

Bidh m'anam ait a' lorg air tòir,
An Tì do'n tug mi gràdh ;
Gu'm faic mi glòir fa m' chomhair shuas
'S an ionad àluinn àrd.

Le Dòmhnall Granul, an Glaschu.

Dealraichidh t' fhìrinn feadh nan sluagh,
Fodha cha téid i 'm feasd.

Sìor-ghuidheam buidheachas do'n Tì
A bhuilich dealradh sèimh
Air saòghal dorcha, 'ga lasadh trid
Le gathan geala Nèimh.

Le gàirdeachas sìor-leanam dlùth
An ceuman Fir mo ghràidh,
Gus faic mi boillsgeadh glòir a' bruchd'
An cùirtibh Tìr an Aigh.

Le Seòras E. Marjoribanks, An Sonachan.

Gliocas nan Gaidheal

An t-Urramach Colla Dòmhnallach, D.D.

CHA robh na Gàidheil comharraichte airson gliocas saòghalta. Cha treabhhabh iad mar sheisreach gu math agus chaill iad am fearann agus an t-aite an measg sluagh na h-Alba a bha dlìgheach do dhaoine aig an robh am buaidhean agus an beusan.

Gu tric bha an làmhan ann an aghaidh a chéile agus ghabh daoine saòghalta na h-àirde deas brath orra.

Chaidh iad a chogadh agus choisinn iad a' bhuaidh ach shealbhaich càch toradh na buadha. Chuir iad an ùidh ann an gnìomharra treuna,

ann an ceòl agus ann am bàrdachd, agus an uair a bha an aire air na nithean sin, bha càch a' trusadh an oighreachd.

Ach tha na seanfhacail a' dearbhadh gu robh iad gear-inntinneach agus beachdail. Tha gliocas saòghalta gu leòir anns na gnath-fhocail a leanas—

"Cha ghlac sionnach cadalach cearean."
"Tha leisg cho mall agus gu'm bheil bòchdain a ghnàth aig a sàil."
"Is feàrr aon diugh na dà mhàireach."
"Le foighidinn gheàrr an luch ball na luinge."

“ Bidh pailteas anairt aig an deagh shnìomh-aiche.”

“ Tha trì imrichean cho ole ri teine.”

“ Ceannaich an nì air nach 'eil feum agad agus chan fhada gus an reic thu an nì a tha feumail dhuit.”

“ Na cuir a mach airgiod a cheannach aithreachais.”

“ Is àirde tuathanach 'na sheasamh na duin²-uasal air a ghluinibh.”

“ An tì théid air iasachd théid e air bròn.”

“ Is fhasa a' cheud togradh a cheusadh na gach aon a leanas a shàsachadh.”

“ Ghabh uabhar a bhiadh maidne le pailteas, a dhinneir le goinne, agus a shuiper le m-chliù.”

Ministearan Steòrnabhagh

(*Air a leantuinn*)

Iain M. Mèinnearach, M.A. (1913-1919)

Rugadh e an Uaimh, am Peairt; bha e air a shuidheachadh an Cill Bhrìde an 1906; chaidh e do Sgiobnis an 1908; do Steòrnabhagh an 1913; á Steòrnabhagh chaidh e do Thobar Mhoire, far a bheil e fhathast a' saothrachadh. Tha e 'n a Chléireach do Chléir Mhuile.

Murchadh Mac Leòid, B.D. (1921-1922)

Leòdhasach a bha air oileanachadh an Dùn-éideann; air a shuidheachadh an Steòrnabhagh an 1921, ach an ceann naoi mìosan dh' fhàg e Steòrnabhagh is chaidh e do sgrì Uig. Dh' fhàg e Uig an 1927, is chaidh e do Thairbeart Rois.

Alasdair Ros, M.A. (1922-1924)

Sgitheanach; bràthair do'n Ollamh Niall Ros, Ceann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich. Chaidh e á Steòrnabhagh do na h-Innsibh an Ear, gu bhi 'n a mhinistear-gearasdain.

Iain K. Mac Coinnich, M.A. (1924-1929)

Chaidh e do Steòrnabhagh á Cranshaws, agus á Steòrnabhagh do Fraserburgh, an Obar-Dheathain.

Aonghus Mac Leòid, M.A. (1930-)

An Eaglais Shaor

Donnchadh Mac Griogair, M.A. (1849-1854)

Bhuineadh e do Loch Tatha; b'e eaglais Steòrnabhagh a' cheud eaglais anns an robh e air a shuidheachadh; á Steòrnabhagh chaidh e do'n Eaglais Ghàidhlig, air Sràid an Dòchais, an Glaschu; á Glaschu chaidh e do Dhùn-deagh, agus á Dun-deagh air ais do eaglais eile an Glaschu. Shiubhail e an 1891.

Para Mac Gilleathain (1855-1868)

Uigeach a shaothraich an measg a luchd-dùthcha an Canada gus an do bhris air a shlàinte An 1843 bha e air a shuidheachadh an Tobar Mhoire; á Tobar Mhoire chaidh e do Steòrnabhagh. Shiubhail e an 1868.

Seumas Greenfield (1872-1894)

Para Domhnullach (1895-1902)

Leòdhasach a bha air oileanachadh an Obar Dheathain agus an Glaschu. Bha e air a shuidheachadh anns an eaglais Ghàidhlig an Dùn-éideann an 1884; á Dùn-éideann chaidh e do Steòrnabhagh. Bha e 'n a shearmonaiche làidir. Chaidh e á Steòrnabhagh do Ghlaschu, far an do chaochail e an 1919.

Bhaltair Calder (1903-1911)

Bhuineadh e do Chatáibh; air oileanachadh an Glaschu; bha e air a shuidheachadh am Bourtreebush an 1882; chaidh e do Srathaidh an 1886; do Steòrnabhagh an 1903; agus á Steòrnabhagh do Labhar, ri taobh Loch Tatha, far an do shaothraich e gus an do leig e dheth cùram sgìreachd an 1930. Duine còir; bha soisgeul is reamhrachd 'n a shearmonachadh.

Ruairidh Moireasdan, Lit.A. (1911-)

Dòmhnall J. Màrtainn, M.A. (1876-1897)

Ministear soisgeulach agus duine gaolach; b'e a' cheud mhinistear a bha air a shuidheachadh 's an Eaglais Bheurla an Steòrnabhagh; an 1897 chaidh e do'n Oban far an do chaochail e. An déidh a bhàis bha cuid d'a shearmoin, *Teagas nan Cosmhalachdan*, air an cur a mach fo làimh a charaid, an t-Ollamh Calum Mac Gill Fhinnein, nach maireann.

Iain S. Mac Dhòmhnuaill, M.A. (1897-1901).

Alasdair Moirreach (1902-1906)

A. M. Mac Ionhair, B.D. (1907-1912)

Seòras Mills, M.A. (1913-1920)

Alasdair White, B.D., Ph.D. (1921-1924)

D. J. Mac Aonghuis (1924-1927)

Raibeart Inglis, M.A. (1928-1931)

Tòmas M. Donn (1932-)



Faoisid an t-Seòladair

“Thigibh, éisdibh, agus aithrisidh mi na rinn Dia air son m’ anama.”—SALAM LXVI. 16.

THA e daonnan buannachdail do dhaoine a chluinntinn ciod a rinn Dia air son dhaoine eile; mar sin bu mhaith leam innseadh air an duilleig so ciamar a bha aon de na sgiobairean ann an Cabhlach an Rìgh air a thoirt a steach do rìoghachd Dhe. Chan ’eil fhios nach bi an naidheachd air a leughadh le cuid-eigin a tha ag iarraidh na slighe gu Sion aig toiseach na bliadhna ùire. Ma bhitheas, is e mo dhùrachd gu’m bi i air a beannachadh dha leis an Spiorad Naomh.

“An làithean m’ òige fhuair mi àrach diadhaidh is oileanachadh maith o m’athair agus o m’ mhàthair. Bha e air a theagasg dhomh gu’m b’ e am Biobull facal Dhé, agus gu’m b’ e Criosd mo Shlànuighear. A thuilleadh air so, tha mi an dùil gu robh mi ’n am bhalach maith. Bha taobh aig m’ inntinn ris an diadhaidheachd gu nàdurra, agus is cuimhne leam amannan anns an do labhair Dia ri mo chridhe gun teagamh. Ach air a shon sin, cha d’ thug mi riamh mo chridhe do Dhia gu ceart; cha mhò a ghabh mi ri Criosd mar mo Shlànuighear. Bha mi riarachtaiche gu leòir leis na faireachduinnean cràbhach a bha mi a’ faotainn annam féin, air chor agus nach do shaoil mi gu robh e mar fhiachainn orm mo chridhe a thabhairt gu buileach do Dhia. B’ e sin an t-aobhar gu’n do thuit mi air falbh.

Gun Smuain air Dia

“An uair a bha mi aona bliadhna deug gu leth dh’ fhàg mi tigh m’ athar is chuireadh do sgoil mi, ach o’n latha sin gus an robh mi air m’ iompachadh aig naoi bliadhna fichead cha do lùb mi mo ghluin ann an ùrnuigh, is cha mhò a leugh mi am Biobull. Cha robh Dia ’n am smuaintean idir; b’ e mo thoil féin mo Dhia is mo lagh, agus a dh’ aindeoin teagasg m’ òige thuit mi ann am peacadh agus ann an daorsa a’ pheacaidh. Agus rud a bu mhiosa air fad, bha am peacadh taitneach leam! Chan ’eil feum sam bith ann a bhi ag ràdh ri daoine òga nach ’eil toil-inntinn anns a’ pheacadh. Tha toil-inntinn anns a’ pheacadh gun teagamh (agus tha facal Dhé ag ràdh gu bheil), ach is toil-inntinn e nach mair fada. Ann an ùine ghoirid fasaidd e ’na dhomblas na seirbhe agus ’na chuibhreach na h-eucorach, agus ni e am beatha searbh dhaibhsan a tha fo dhaorsa aige.

“Aig an àm so cha robh eagal Dhé orm, agus ged bha mo bheatha iomadh uair ann an

cunnart cha mhò a bha eagal a’ bhàis orm. Uair a bha mi air cladach na h-Afric bha mi fhéin agus na daoine a bha còmhla rium anns a’ bhata glé dhlùth do ’n bhàs; ach ma bha, cha do smuainich mi air sìorruidheachd no breitheanas, agus cha mhò a thàinig e ’n am inntinn ùrnuigh a chur suas ri Dia. Uair eile bha mi tinn le fiabhurs, cho tinn ’s nach robh dùil aig an dotair gu ’n tìginn bhuaith. Thàinig am ministear ’g am amharc, ach an àite éisdeachd ris, is ann a thuir mi ris, ‘B’ fheàrr leam thu a dh’ fhalbh agus leigeil leam cadal.’ Bha fhios agam gu maith gu robh mo bheatha an cunnart, ach cha do smuainich mi gu’m feumainn seasamh an làthair Dhé agus cunntas a thoirt da. Nach bu bhronnach an cor sin do dhuine!—gun sith aige ri Dia ach fhathast gun eagal aige roimh ’n bhàs.

“Chaidh cùisean air an aghaidh mar so gus an robh mi còig bliadhna fichead. Air co-ainm mo là-breith, agus sinn air acair ann an abhainn ann an ceann-deas America, chaidh mi air tìr a shealgaireachd. An uair a bha mi ris an obair sin thàinig an smuain do m’ inntinn cho clis ris an dealanach, ‘Tha thu còig bliadhna fichead an diugh, ach is beag feum a rinn thu de do bheatha.’ Taing do Dhia, cha d’ fhàg an smuain sin tuilleadh mi, agus bhiodh e a’ tighinn fodham glé thrìc gu robh m’ ùine air thalamh goirid. Ach an àite dol gu facal Dhé chaidh mi gu leabhraichean dhaoine a dh’ iarraidh soluis. Leugh mi tomhas maith de fheallsanachd is de bhreithneachadh dhaoine eagnaidd, ach is e a thàinig as a sin, gu’n do thòisich mi air a bhi creidsinn nach robh Dia ann.

Leabhar Sònruichte

“Bha mi mar so gus an do leugh mi leabhar sònruichte, *An fhàch do dhuine a bhi beò?* Cha b’ ann idir gus peacaich a thoirt gu Criosd a sgrìobh ùghdar an leabhair ud an leabhar, ach ann am freasdal Dhé rinn e an t-seirbhis bheannaichte sin dhòmhsa. An uair a leugh mi e chunnaic mi gu robh mo bheachdan féin gun ghrunn gun bhonn. Rinn an leabhar so soilleir dhomh gu bheil obair is beatha an t-saoghail uile gu léir air an stéidheachadh air creideamh, ged is rud creideamh nach urrainnear fhaicinn, no làimhseachadh, no thomhas. Rinn e soilleir dhomh cuideachd gu bheil a’ cheart ni fìor mu ghràdh. Mar so thàinig mi

gus an co-dhùnadh, gu robh saoghal neo-fhaic sinneach is spioradail ann; saoghal anns an robh creideamh is gràdh a' riaghladh. Thàinig mi gu co-dhùnadh eile cuideachd, gu robh creideamh is gràdh 'n am chridhe féin, agus a chionn gu robh, gu robh dàimh agam ris an t-saoghal neo-fhaicinneach is shiorruidh. B' e so a' cheud cheum gu gliocas, agus lean an smuain so rium tuilleadh, oir eadhon an uair a bhithinn ri faoineas is baoth-shùgradh, thigeadh a' cheist so a steach orm, ' Ciod a dh' éireas duit anns an t-siorruidheachd ?'

" Ach ged a bha an smuain so a' milleadh mo shonais cha do leig mi dhìom tlachd a ghabhail ann an toil-inntinn an t-saoghail. Ach uigh ar n-uigh bha acras m' anama a' fàs; bha mo thlachd anns an t-saoghal a' lughdachadh agus m' ionndrainn air Dia a' meudachadh. Bha spiorad an Tighearna a' labhairt rium agus a' gairm orm. Feasgar Sabaid agus mi a' sràid-eamachd leam fhéin air clàr na luinge, agus sinn am port, dh' fhàs m' inntinn luaineach agus thòisich i air feoraich dhìom ciod a thug an saoghal dhomh. ' Fhuair thu,' ars' ise, ' do shàth de thoil-inntinn ach cho do riarach sin thu.' B' fheudar dhomh aideachadh gu robh so fìor. ' Dh' fheuch thu,' ars' ise, ' ciod a bha aig na feallsanaich ri innseadh dhuit, ach cha b' fheàirrd thu sin dad.' A ris b' fheudar dhomh aideachadh gu robh so fìor. Chuir mi trì ceistean air na feallsanaich, ' Cia as a thàinig mi ? ' ' C' ar son a tha olc annam air nach 'eil iarraidh agam agus nach urrainn mi a chur a mach as mo chridhe ? ' agus ' C' àite a bheil mi a' triall ? ' ach cha b' urrainn iad a ràdh rium ach nach robh fhios aca. Cha robh ann an gliocas nam feallsanach dhomh ach dìomhanas nan dìomhanasan is buaireadh spioraid.

Solus a' Bhiobull

" Ach ged a bha mi truagh is m' inntinn fo thrioblaid aig an àm so, fhathast cha d' thug mi mo chridhe gu buileach do Dhia. Goidid 'na dhéidh so thàinig an smuain thugam, ' Dh' fheuch thu gach rathad as aithne dhuit gu sìth is beatha fhaotainn ach cha d' fheuch thu am Biobull.' Bha mi an iom-chomhairle mu leughadh a' Bhiobull, ach mu dheireadh chuir mi romham gu'm feuchainn e. Aon oidhche rinn mi ùrnuigh agus thubhairt mi : ' A Tighearna, tha mi a' creidsinn, cuidich le mo mhì-chreideamh,' agus ged nach d' fhuair mi taisbeanadh sònruichte aig an àm, agus ged nach do thachair rud miorbhuileach air bith dhomh bha mi làn-chinnteach an uair a dh' éirich mi o m' ghlùinean gu robh mi a' ciallachadh am Biobull a ghabhail mar lòchran do m' chasan, an Tighearna Iosa Crìosd a ghabhail mar mo Shlànuighear, agus mo bheatha a chur seachad mar bu mhaith leis i bhì air a cur seachad.

" Thòisich mi air a' Bhiobull a leughadh a h-uile latha, agus ged a bha mi a' leughadh leabhraichean eile air son ceasnachaidh a bha air thòiseach orm, cha do rinn mi dearmad air m' aran làthail iarraidh ann am facal an Tigh-earna. Stad mi cuideachd de iomad cluich is cleachdadh nach robh mi a' saòilsinn freagarrach do Chrìosduidh. Ged bu duilich leam dannsadh a sheachnadh stad mi dheth, au dùil gu'n coisninn fàbhar Dhé. B' e mo bheachd aig an àm so, na 'm bithinn cràbhach, na 'n leughainn am Biobull a h-uile latha, na'm bithinn ag ùrnuigh, agus na 'n sheachnainn nithean a bha 'n am buaireadh dhomh, gu'm bithinn ceart gu leòir, agus aig crìoch mo bheatha gu'n tugadh Dia do nèamh mi.

" Bha mi mar sin fad sheachd bliadhna; ach bu staid daorsa dhomh 'e, oir chan 'eil ann an cràbhachd gun Chrìosd ach an fhìor dhaorsa. Aig ceann gach latha theirinn rium fhein, ' An do rinn mi na 's leòir an diugh gus Dia a thoil-eachadh ? ' agus daonnach cha b' urrainn mi a ràdh ach nach robh fhios agam. Mar sin cha b' aithne dhomh sìth no fois a chionn nach robh mi cinnteach an robh Dia a' gabhail ri m' oibrichean.

Coinneamh-ùrnuigh

" Mu 'n àm so bha am bàta air an robh mi 'n am sgiobair ann an Obar-eadhain, agus dlùth do 'n bhaile sin bha bana-charaid dhomh a chòmhnuidh. Chaidh mi 'ga faicinn, oir bha i roimhe so 'na meadhon air mo sheòladh na bu dlùithe do Dhia, agus bha iarrtas agam an tuilleadh seanchais fhaotainn rithe. Bha i fhéin agus a fear-pòsda 'n an seirbhisich do Dhia agus bha mi am beachd gu'n cuidicheadh i leam an ni nach robh ag amas orm fhaotainn. Am feasgar a ràinig mi iad dh' iarr iad orm dol leò do 'n choinneamh-ùrnuigh. Rinn mi sin, ach ma rinn, bha na chuala mi mar Ghréigis dhomh. Bu mhi an aon duine anns a' choinneamh nach robh iompaichte. Cha do thaitinn a' choinneamh rium; cha bu toigh leam na laoidhean a sheinn iad, agus cha do thuig mi na h-ùrnuighean. An déidh dhuinn dol dhachaidh leugh mo bhana-charaid caibideal de litir Phoil chum nan Ephesianach, far a bheil an t-abstol a' labhairt mu bheannachdan a bhuneas do 'n Chrìosduibh anns an t-saoghal so ach a shaoil mise nach buineadh dha gus an rachadh e do 'n ath shaoghal; *Maitheanas peacaidh; oighreachd ann an nèamh.* A réir facal Dhé sin nithean a bhuneadh dhomh a nis. Chaidh mi do m' sheòmar agus leugh mi air m' aghaidh anns an litir gus an do ràinig mi na briathran so, ' *Le gràs ata sibh air bhur saoradh tre chreideamh, agus sin, chan ann dhibh féin; is tiodhlac Dhé e; chan ann tre oibrìbh a chum 's nach deanadh neach air bith uaill.*'

Saorsa mu dheireadh

“Chaidh an fhìrinn bheannaichte so a steach do m' chridhe mar gu'm biodh gath gréine, agus thuirte mi rium féin, 'Tha Dia ag innseadh dhomh an so gu bheil mi air mo shaoradh, agus nach ruig mi a leas dad a dheanamh gus an t-saorsa so a chosnadh, ùrnuighean no oibrichean maithe, oir tha an obair deanta cheana. Ata saorsa 'tre ghràs Dhe,' agus chan ann air a cosnadh le obair no airidheachd; nach 'eil Dia féin 'na fhacal ag innseadh sin domh?'

“O! an t-uallach eagallach a thuit dhìom an oidhche ud! An t-saorsa bheannaichte a fhuair mi! Fad dheich bliadhna bha cùram orm mu'n t-siorruidheachd, agus fad ochd bliadhna bha mi a' feuchainn ri Dia a thoileachadh le ùrnuighean, le féin-àicheadh, is oibrichean maithe. Ach an uair a thuing mi nach robh feum ann dhomh a bhi feuchainn ri bhi 'gam shaoradh féin a chionn gu'n do shaor Dia mi cheana, bha mi cho sona 's gur beag nach do thòisich mi air leum is dannsa le aoibhneas. Ach mur do dhanns mo chasan dhanns mo chridhe, agus tha e a' dannsadh gus an là an diugh, a' moladh an Tighearna, a chionn gur e Dia m' athair, agus nèamh mo dhachaidh, agus Iosa Crìosd mo Shlànuighear.

“An sin thòisich mi air innseadh do dhaoine eile cìod a rinn Dia do m' anam. An uair a chaidh mi air m' ais do'n bhàta dh' innis mi do'n oifigeach a bha fodham an sgeul aoibhneach; dh' innis mi dha gu'm faodadh esan maitheanas fhaotainn cuideachd. Ach leis an t-sùil a thug e orm chunnaic mi gu'n do shaoil e gu robh mi air dol as mo chiall. Ach taing do Dhia bha fear eile de na h-oifigich a chreid mo bhriathran agus a ghabh ri m' chomhairle;

A' Ghàidhlig anns na Sgoilean

BHÒ chionn dà bhliadhna chunnaic mi Beorìoman Gàidhlig a bha air a sgrìobhadh le té de na caileagan a bha ann an Ard-Sgoil an Obain, air là ceasnachaidh. Ma's maith mo chuimhne, bha a' chaileag á Tobar Mhoire, ach cìod air bith a rachadh aice air a dheanamh ann an sgrìobhadh Laideann no Fraingeis, bha i na b' fheàrr air Gàidhlig a sgrìobhadh na bha mise aig a h-aois. Tha so a' ciallachadh gu bheil Gàidhlig air a' teagasg do'n ghineal òg anns a' Ghàidhealtachd mar nach robh i air a teagasg do na ginealan a bha romhpa. Ann am mòran de na sgoilean Gàidhealach an diugh gheibhear sgoilearan d'a bheil e cho furasda Gàidhlig a sgrìobhadh ri Beurla, a chionn gu bheil iad air an teagasg gu cùramach le maighstirean-sgoile a tha coimhionta an Gàidhlig iad féin; an Steòrnabhagh; am Port-Rìgh; an Dùn-bheagain; an Ionar-nis; anns an Oban; anns a' Ghearasdan; am Peabull. Mar dhearbhadh air

tha esan an diugh a' toirt fianuis do'n t-saoghal air taobh an Tighearna Iosa. Am measg gach sonas a b' aithne dhomh riamh is e an sonas a bu mhotha, a bhi ag innseadh do dhaoine mu Chrìosd agus a bhi feuchainn r'an toirt 'ga ionnsaigh.

Thog mi fianuis

“An sin thòisich mi air scarmonachadh. Bidh cuimhne agam gu bràth air a' cheud uair a rinn mi sin. Bha an oidhche fuar, ach cha chumadh am fuachd a stigh m' fhallus; bha e a' sìleadh gu frasach leis an fhiamh a bha orm. Dh' iarradh orm m' fhianuis a thogail agus rinn mi sin air beulaibh trì cheud de choimhthional. Bha mi a' faireachduinn gu robh e mar fhiach-aibh orm Crìosd a shearmonachadh, agus taing do Dhia, chuidich e féin leam ainm a mholadh.

“Na dhéidh so thàinig atharrachadh eile orm. Dh' innis mi cheana mu na nithean a leig mi dhìom (ged bu toigh leam iad) los Dia a thoileachadh; òl, is pìob, is dannsa, is cluich-chàirtean. Ach an uair a thòisich mi air obair a dheanamh do Chrìosd cha robh iarraidh idir agam air na nithean sin; bha toil-inntinn a b' fheàrr agam ann an companas is ann an seirbhis mo Mhaighstir. Taing do Dhia sin toil-inntinn a mhair gus a so, agus a mhaireas gu bràth.”

Gu'n deònaicheadh Dia do gach neach a leughas an naidheachd shimplidh so an t-eòlas beannaichte so fhaotainn air Crìosd an Slàn-ùighear a fhuair an seòladair a dh' innis i. “*Iadsan a théid sìos do'n fhairste air longan, a nì obair air uisgeachan mòra; chì iadsan gnòmharan Iehobhah, agus oibre iongantach 's an dòimhne.*”—Salm cvii. 23, 24.

na tha mi ag ràdh cuiridh mi sìos air an duilleig so (gun an ainmean) pìosan Gàidhlig a bha air an sgrìobhadh le cuid de'n òigridh sin. Cha ruig mi a leas a ràdh umpa ach an dà fhacal so (1) gu bheil mi 'g am fàgail mar a fhuair mi iad, gun atharrachadh a dheanamh air an litreachadh, agus (2) gu bheil litreachadh agus làmh-sgrìobhaidh na cloinne fada fada air thoiseach air litreachadh agus làmh-sgrìobhaidh nam ministearan anns a' Ghàidhealtachd.

“BAILE GEAL”

Cha do thachair dhomh a bhi aig baile le “baile geal” am bliadhna, ach ma nì dùrachd e gheabh mi mo shàth dheth mu'n ath Shathurn,—chan e nach 'eil an cabhadh anns a' bhaile mhòr; tha, agus tuilleadh 's am pailteas de'n t-seòrsa a tha ann, ach is cabhadh e nach tig ormsa no air neach eile a chunnaic na b' fheàrr. Tha “baile geal” 'ga thabhachd fhéin air a'

bhaile mhór gun shireadh gun iarraidh, a dh'aon ghnòthuich gus an t-sràid fhàsachadh is cartair a' ghuail a chur 'na tharruing; chan 'eil maise no thachd fo'n ghréin 'na chois. Ach chan e sin da air an tuath.

Is maduinn mhór air an tuath a' mhaduinn an déidh a' cheud chur shneachda. Chan 'eil duine cloinne air druim a' bhaile nach bi air a' chois mu 'm blais an t-eun an t-uisge, ag amharc bho'n uinneig is a' feitheamh an fhàth gu tàrrsuinn am mach leis a' cheud lasachadh de'n stoirm.

B' i sin stoirm an àigh—ma tha neach fo chabar leatha; mur 'eil, mo thruaigh a chlis-each. Is taitneach an sealladh, a mach air uinneig, a' chliobhaid, dhùmhail, gheal ag cluiche 's a' mire troimhe chéile, na bleideagan a' dannsadh 's a' buiceil eadar ùir is adhar, is a' sioladh fa dheòidh chun a' chòmhnaird, mhìn, ghil.

An sin stadaidh an cathadh, glanaidh an iarmailt, is taomaidh a' chlann a mach. Tòisichidh càrnaidh, gàireachdaich, is spòrs; bithidh gach mac màthar le a spaid 's a shoitheach, is e mar bhoitean calcais air a thughadh gu a shùilean le éideadh, a' trusadh 's ag càrnadh an t-sneachda a dh'aon dùn. Is tlachdmhor an sealladh da rìreadh e. Bithidh gach aon cho trang, dichìollach, is ged a bhithheadh a bheatha an crochadh ris a' chùis-uamhais "duine" a tha ùidh air n-ùidh a' dol am meud is a bhithas 'na chulaidh-eagail do neach a ghabhas an rathad air an oidhche, mur tig an t-aiteamh.

An uair a gheibhear an "duine" gu ìre a' bhonaid is e gu stàtail a' tarruing á piob fhalamb, tòisichear ri na càirn-shlaodaidh. Chan 'eil a h-aon bho'n a' bhig chun a' mhóir de na giullain nach bi le òrd is taraig a' toirt sgallan-creag air an starsaich, gus mu dheireadh an cruinnich iad air an t-Sithean, gach aon le a chàrn fhéin, is e cho mór as is ged a b' e a' cheud charbad-smùide a bha aige air a chur r'a chéile. Ach gu cam-rathail! nach do dh' éirich a' ghaoth mun do chuireadh cas ri càrn; ghabh na seòid 'na siubhal e—an e iad fhéin! is math a bha fhios aca dé a bha air a cùl. Is gann a bha "an t-isean beag a bh' air an deireadh" air a shàil a thoirt thar na h-uirsne an uair a thug fead cruaidh a' chabhaidh srann a nuas an leathad. Bha an cabhadh-làir air bhonn is cha b' ann an riochd na cailliche bochda.

CALANAS

Is iomadh rud a tha a' tachairt do'n chlà mu'n tigh e mar dheiseachan gu na h-uaislean, agus is ann aig na croitearan a tha fhios air an sin; is ann aca-san a tha màladh-cuirp air gach slait a reiceas iad dheth.

Chan 'eil iaradh a' dol orra o thig là na Fainge 'san t-sàmhradh ach a' dèanamh deiseal-achd do'n chlà.

Thachair sin ruinne an clò mu dheireadh a rinn sinn, agus abair thusa clò briagha. Chaidh na caoraich a lomadh Di-luain, agus cha luaithe bha a' chlàimh a stigh 'san tigh na dh' fheumadh sinn a dhol a lorg chrotail airson a dath.

Cha b' e sin am fearasd agus muinntir an Taobh Siar air clachan na sgìre a sgiuladh dubh ann an lorg a' chrotail. Cò-dhiùbh, fhuair sinn timchioll air poca anns an Mheall, agus chuir clann-nighean na mòintich dhachaidh poca no dhà a bhuaib iad air Gearraidh Thodail; mar sin fhuaradh na rinn a' chùis air éiginn.

Chaidh dà shorchan a dhèanamh ann an seann thobhta Mhic Coinnich, agus chuir sinn dà phrais mhór orra leis a' chlàimh 'ga dath. Fhad 's a chumadh sinne smùid ris na praisean, is iad féin nach cumadh maille oirnn. Ann an dà latha bha a' chlàimh againn cho briagha 'sa thogradh tu a' tiormachadh air a' gharadh. Bha beagan guirmein againn ri a dhath, ach dé a bheireadh a' phrais mhór a' dèanamh sin.

Thàinig a' chlann-nighean o'n mhòintich; thàinig am Foghair agus an obair agus bha a' chlàimh tèaruinte anns an t-sabhal. Ach an uair a fhuair sinne am buntàta do na sluic agus an t-arbhar do na cruachan, an sin thoisich sinn air a' chlàimh a chireadh. Chitheadh tu gach beag is mór a bh'anns an tigh ag cìreadh timchioll air an teine mar a dheidheadh aca air, agus peiteagan an sud 's an so air feadh an làir.

An uair a bha an cìreadh gu bhi deiseil thòisich mo mhàthair air càrdadh agus is ann chugainne bha e na'n deidheadh sinn faisg a mhìle air na peàirdean a bha i ag càradh gu curamach air muin a chéile ann an seann sgùil lin big.

Is e an snìomh an ath rud agus is math a dheidheadh i ris, ag crònan ri fuaim na cuibhle. Chuir i an sin an snàth air crois-iarna agus fhuair sinne ar cuid dhealganan agus theann sinn air toinneamh, gach té a' feuchainn ach có a dheanadh an cnocan bu mhotha.

Bha sinn air a' ghuirmean a chur do'n mhùilinn agus an uair a thàinig na h-iteachanan cha robh gille no nighean air druim a' bhaile nach tàinig a thachrais. Cha robh seann bhròg anns an tigh nach deach a chur am feum agus cha b'fhada gus nach robh iteachan air fhàgail ach ceilleachan snàth uiread ri do cheann. Is math a b'fhiach sinn cupan tì an déidh sin.

Cha do rinn sinne an còrr ris an t-snàth gus an deach e thun a' bhreabadair. Rinn e fhéin is a' bheart na bha feumail ris agus an ceann na seachduinne fhuair sinne an t-aodach, is dh' fhàg sinn na fuidheagan aig a' bhreabadair.

Is e an ath obair a dhol a ruith air na tighean a lorg mnathan-luaidh; is, ann orm fhin a thàinig so, agus cha b'fhada gus an d'fhuair mi ochd caileagan a bha deònach gu leòir a thighinn a chur sad ris a' chlà againn.

Thàinig an oidhche agus thàinig na caileagan. Chaidh an clò a nighe, a stampadh, fhàsgadh, agus a chur air a' chlàith—còmhla dorus an t-sabhail againn a thug Iain o na lùdaganan feasgar.

Ghabh na caileagan am biadh agus thòisich an luadh, agus, ma thòisich, thòisich am fonn.

*“ Sìudaibh, sìudaibh, luaidh an clò
Gu briogais-phòsaidh do mo leannan.”*

“ Ma bha leannan gach té aca-san a' dol a dh' fhaighinn briogais-phòsaidh as a' chlà againne, cha mhór a chitheadh Steòrnabhagh dheth,” thuirt mise. Mar bu nòs, thàinig na gillean agus is e bu dheireadh do'n oidhche dannsa anns an t-sabhal. Co-dhiùbh thàinig an t-ùireadh as a' chlà, chaidh a thiomachadh air gàradh na h-ìolainn, agus thug Niall Ruadh do Steòrnabhagh e far an tug ceannaiche chlàitean ceithir is gròt an t-slat air.

(Unag Uige.)

LATHA FUAR GEAMHRAIDH

An déidh do làithean tlachdmhor, ceutach an Fhoghair a dhol seachd tha an Geamhradh le 'dhiùbhachd a' teachd. Aig an àm so tha na làithean anabarrach goirid, fuar, doilleir, agus air uairibh tha toiseach na h-oidhche againn roimh cheithear uairean, cha'n ann mu naoi mar a tha i anns an t-Samhradh. Ged a tha na h-oidhchean fada, fuar, gidheadh tha móran dhaoine 'gan caitheamh gu math toilichte, a thaobh gu'm bidh iad a' tarraing toileachais-inntinn mhóir, ann a bhi a' dol air chéilidh agus ag innseadh sgeulachdan neo-chiontach “ mu na gaisgich fearail, greannmhor a bha 'sa ghleann nuair bha iad òg.”

Air latha fuar Geamhraidh dh' fhalbh mi féin agus balach eile gu mullach beinne àirde a dh' fheuchainn ciod e a chitheamaid. Shuidh sinn air cloich mhóir agus shìos fodhainn bha a' mhuir bheucach a' sineadh a mach gu fada, agus bha frioghan math gaoithe ann. Bha na speuran a' coimhead glé ghruamach agus duaichnidh, ach cha robh an t-uisge idir ann. Fada uainn thall air cùl na mara bha an Cuilinn le chòta geal sneachda, ag éiridh suas ri aghaidh nan speur, agus bha na cnuic, a bha dlùth dhuinn, le an coltas gruamach ag innseadh dhuinn gu'n robh an Geamhradh da-rìreadh againn. Cha robh a' ghrian 'ga sealltuinn féin ach air uairibh, agus a h-uile coltas uisge air. Cha robh na h-eòin bheaga a b'abhaist a bhi ag cur nam both dhiùbh anns an t-Samhradh r'am faicinn idir, agus b'e sgiamhail mì-thlachdmhor nam faoileag, a bha ag itealaidh air 'n-ais agus air 'n-adhart os cionn na mara agus osag na gaoithe, an dà fhuaim a bha r'an cluinntinn.

Mu thrì uairean an déidh mheadhon là dh' fhàg sinn an ionad so agus theirinn sinn

cliathach na beinne gu socrach. Bha alltan beag a' siubhal 'na dheann ruith sìos taobh na beinne dlùth dhuinn a b'abhaist a bhi tioram le gainne uisge 'sann t-Samhradh. Tamull beag mu'n d'ràinig sinn ar dachaidhean thàinig fuara-froise agus cha b'fhada gus an robh sìde nan seachd siantan ann, ach fhuair sinn dhachaidh tioram, agus sinn a bha toilichte oir rinn e feasgar a bha mì-chneasda. *(Calum.)*

AN CU AGAM FHÉIN

Am measg nan uile chreutairean de am bi daoine a'dèanamh pheatachan cha'n 'eil a h-aon eile ann a nì companach cho dìleas agus cho feumail do'n duine ris a' chù. As aonais coin, tha, 'nam shealladh-sa, rud-eigin air chall air tigh, oir is e dà-rìreadh “ tigh gun chù, gun chat, gun leanabh beag, tigh gun ghean gun ghàire.” Bho'n a thàinig cuimhne dhomh fhéin bha cù anns an tigh againne agus bho chionn beagan bhliadhnachan air ais an uair a bhàsaich an seann chù agus a bha cuilean beag ri tighinn 'na àite bha othail mhór orm ris, oir ged a bha meas mòr agam air a' chù eile, bha an aois, mar a nì i air a h-uile rud, an déidh a mhìre a thoirt às. An uair a thàinig an cuilean bha e an déidh droch losgadh fhaighinn agus le a bhi a' coimhead an déidh an losgaidh so thàinig mi gu a bhi ag coimhead air a' bheathach bheag mar gu'm b'ann leam fhéin a bha e.

Chùm an cù cuimhne riamh air an aire a thug mi dhà aig an àm so agus bha e tuilleadh ro dhìleas domh agus leanadh e mi gu àite 'sam bith. An uair a bha e òg bha e làn de chleasan oir cha robh rud 'sam bith air am faigheadh e greim nach sròiceadh e às a chéile agus cha'n fhaiceadh e sealladh air a' chat nach bitheadh e 'na dhéidh, gus mu dheireadh nach robh an cat bochd a' tighinn a stigh air an dorus. An uair a dh'fhàs e na bu shine dh'fhalbh mòran de na cleasan so às, agus dh'fhàs e fhéin agus an cat glé mheasail air a chéile agus bha iad 'nan companaich dlùth. Tha móran de chleasan ann fhathast, agus an uair a bhithreas e ag iarraidh bidh leumaidh e suas ri mo thaobh agus cumaidh e air putadh le 'cheann agus a' miodal gus am faigh e rud eigin r'a itheadh Ma bhithreas muinntir an tìghe fada gun éirigh tòisichidh e air comhartaich gus an éirich iad Bheir e cuideachd litir dachaidh bho'n phosta agus is iomadh nì beag feumail a nì e mar so.

Tha e ro thaitneach a bhi ag amharc air an uair a bhithreas e an déidh a' chruidh no an déidh nan caorach oir ruithidh e mu'n cuairt ag coimhead mar gu'm b'e an aon chreutair a bha a' dèanamh dad, agus tha mi a' creidsinn gur e so a' cheart bheachd a tha'na cheann. Bu ghlé mhór a dh'iondrainninn an cù so na'n caillinn e air dhòigh air bith, oir is glé thoigh leam fhéin e. *(Mairi.)*

Gàidheil nan Innsean

LEIS AN URRAMACH IAIN MACAONGHUIS, M.A., AN HACRAIG

"Mar so tha an Tighearna Dia ag ràdh, Gabhaidh mise mi féin do'n ghéig às àirde de'n t-seudar àrd, agus suidhichidh mi e; gearraidh mi o bhàrr a mheanganna òga, geug mhaoth, agus suidhichidh mi air sliabh uachdarach agus àrd i."—ESECIEL xvii. 22.

MU dheireadh an earraich anns a' bhliadhna 1915, thachair dhòmhsa agus do mhóran de Ghàidheil eile a bhì còmhla ris an t-seachdamh Roinn (Division) de'n Arm Bhreatannach. Air an latha àraidh so bha caran de chabhaig oirnn; bha sinn a' deanamh air baile ainmeil ris an abrar Ypres. B'è fàth na cabhaig gu'n do bhris na Gearmailtich troimh na Canadianaich le bhì ag uisneachadh cèd puinnseanta. Bha a' ghrian teth agus bha an cabhsair corrach Frangach glé chruaidh air na casan. Mar sin bha sinn glé thaingeil 'nuair a fhuair sinn cead suidhe air bruaich an rathaid air son deich mionaidean. Fhad 's a bha sinn 'gar sìneadh fhéin air an fheur, nochd réiseamaid Innseanach aig lùb an rathaid. Bha piobairean air an ceann, ged nach robh iad a' cluich aig a' cheart àm ud. "Faicibh na Gurkhas" ars gach duine againn. Ghluais iad seachad le ceum goirid calamh, ceum-coiseachd a bha glé eadar-dhealaichte o chaismeachd gillean an fhéilidh.

Daoine foghainteach

Mhothaich sinn an cumadh agus an giùlan. Daoine beaga foghainteach, agus coltas nan ceatharnach orra. 'N am pearsa cha robh iad idir glé eu-coltach ris na Sìneich. Bha an aon chraicinn buidhe orra; an aon aodann corrach leathann; na sùilean caola claon a tha 'n a dhearbhadh chomharradh air sliochd Mhongolia. Ach 'n an nàdur agus 'n an aignidh tha iad tur dealaichte o na Sìneich. Tha na Sìneich sìobhalta 'nan dòighean agus ged nach e geal-tairean a tha annta, cha dean iad ach saighdearan truagha. Ach tha an Gurkha a' deanamh air an arm cho luath 's a ruigeas e aos duine. B'iomadh sgeul fhìadhaich a bhiteadh ag innseadh mu dhéidhinn euchdan nan daoine beaga sin. Tha mi 'n dòchas nach robh iad uile fìor. Co dhiubh, bhiodh an saighdear Breatannach a' toirt spéis agus urram do na daoine buidhe so a bha sònruichte. Bliadhnaichean as déidh an latha earraich so ann an 1915, choinnich mi ris na Gurkhas 'n an dùthaich fhéin.

Buinidh na Gurkhas do Nèpàl. Tha an dùthaich ann an teis-meadhoin nam beanntainnean àrda ris an abrar na Himalyas, tuath o na h-Innsean Breatannach agus deas o Tibet. Tha a rìgh fhéin aice, agus tha i buileach saor o riaghladh nam Breatannach; ach tha còrdadh

agus cùmhnant eadar an Rìgh againne agus Rìgh Nèpàl. Tha e toirmisgte do dhuine geal sam bith a dhòl seachad air crìochan Nèpàl gun cead sònruichte o Rìgh na dùthcha. Ach chan 'eil bacadh air an t-sluagh fhéin an dùthaich fhàgail ma's e sin an toil.

Anns an 16mh agus an 17mh linn, bha e cumanta gu leòr do Albannaich òga a bhì cur seachad beagan bhliadhnaichean ann an seirbhìs armailtean Lochlainn agus na stàitean Gearmailteach. Anns an dearbh dhòigh, tha mòran de na Gàidheil Himalyach sin a' gabhail anns an Arm Innseanach. 'Nuair a choimhlionas iad an ùine còmhla ri réiseamaid, bheir iad dhachaidh orra agus cumaidh am pension iad ann an comhfhurtachd fad am beatha.

Agus eadhon mar a rinn mòran mhiltean de Albannaich imirich do dhùthchanna fada as, far am faighte fearann agus teachd-an-tìr na b'fhurasda na anns an t-seann dachaidh, anns a' cheart dòigh bithidh an sluagh so a fàgail an dùthcha agus 'g an suidheachadh fhéin ann an Garbh-chrìochan nan Innsean Breatannach, timchioll air Darjeeling agus Kalimpong agus ann an àitean eile.

Croitearan beaga

B'ann anns h-àrd-mhonaidhean timchioll air Kalimpong agus Darjeeling a chuir mise eòlas orra. Is ann ri obair an fhearainn a tha chuid mhór aca, agus tha na sléibhteann air an àiteach gu cùramach suas gu ochd mìle troigh a dh'àirde. Ach tha mòran de na beanntainnean fo chòilltean agus mar sin tha àireamh mhaith de'n t-sluagh a' faotainn obair ann an seirbhìs Bòrd nan Còilltean.

Tha dà thruabh eile a' tuineadh anns na monaidhean sin. B'è na Lepchas ceud luchd-àiteachaidh na dùthcha, agus tha roinn mhaith dhiubh ann fhathast. Tha iad na's soilleire anns a' chraicinn na na Ghurkhas; tha iad modhail sìobhalta 'n an dòigh; agus tha eòlas iongantach aca air luibhean na machrach agus air am buadhan leighis. Tha iad caran ro chiùin agus mi-shaoghailta a thaobh gnothuichean talmhaidh; mar sin tha na Gurkhas a' tolladh a stigh agus a' glacadh fearainn a bhùineadh do na Lepchas o linntean do-àireamh.

'S e ainm an dara treubh na Bhutias; tha iad caran borb agus amh 'n an cleachdaidhean; chan 'eil iad a' toirt spéis sam bith do ghlaime

pearsa. Coltach ri an luchd-dàimh, na Tibet-anaich, tha iad làidir calma cruadalach. Tha luchd a' mhonaidh uile glé bhuaiteach air a' chaitheamh. Tha an phlàigh mhìlteach sin a' sgrìos àireamh bhronach de'n òigridh gach bliadhna. Dé is coire? Tha droch thighean-còmhnuidh, cleachdaidhean rapach, agus tur aineolas air ealaidhean leighis.

Obair na h-Eaglais

Tha còrr is trì fichead bliadhna o'n thòisich Eaglais na h-Alba air craobh-sgaoileadh an t-soisgeil am measg an t-sluaigh so. Chaidh an obair air aghart air son àireamh bhliadhnai-chean gun toradh follaiseach sam bith a ghiùlan. Mu dheireadh dh'iompaicheadh duine òg d'am b'ainm Gunga Pradhán. Bha leithid de dh'eagal air o a luchd-dàimh agus a shean cho-chreidmich gu'n do theich e o dhachaidh. Rinn e air baile mór anns a' Phunjab far an d'fhuair e baisteadh. Ach thàinig e air ais, agus fhuair e oileanachadh ann an ealaidhean agus ann an diadhachd ann an Calcutta.

As déidh sin chaidh òrduchadh 'n a mhinistir. Agus b'esan a' cheud ministir Gurkha a shaothraich anns an t-soisgeul am measg sluaigh nam beann. Bha e 'n a sgoilear maith agus air son iomadh bliadhna bha e 'n a shàr fhear-cuidiche aig an Urr. Mr. Turnbull ann a bhi ag eadar-theangachadh nan Sgrìobtuirean gu Nepáli, cainnt nan Gurkhas. Ràinig an duine urramach so ais mhór; chaochail e o chionn dà bhliadhna, agus aig deireadh a latha bha e air a mheas le Crìosduidhean nan àrd-mhonaidhean mar a bha an t-Abstol Eoin 'n a sheann aois air a mheas leis an eaglais a bha ann an Ephesus.

Rinneadh obair mhór anns na trì fichead bliadhna sin. Bha an Soisgeul air a shearmonachadh o bhliadhna gu bliadhna gun sgar; bha gràs agus maise an Tighearna Iosa, bha cumhachd a bhàis agus aiseirigh air a nochdadh gu soilleir ann am caitheamh-beatha agus ann an giùlan theachdairean an t-Slànuigheir agus anns an atharrachadh shònraichte a thàinig air na ceud-dheisciobuil. Air toradh am beatha aithnichear iad. An diugh tha an Eaglais Chrìosduidh air a suidheach gu daingean anns na beanntainnean. Aireamhair na coimhthionail 'n am ficheadan, na sgoiltean 'n an ciadan, agus luchd-leanmhuinn Chrìosd 'n am milltean.

Eaglais Chalimpong

Seallamaid air Kalimpong, àrd-chathair Mission na h-Eaglais. Trì fichead bliadhna air ais cha robh an sud ach fàsach fiadhaich. An diugh chi sinn baile tomadach, aghartach. Tha eaglais mhór chloiche 'n a seasamh air

meall àrd aig aon cheann de'n bhaile. Toillidh i suas ri mìle duine, agus air uairibh tha i ro bheag air son an t-sluaigh. Tha an Soisgeul air a shearmonachadh ann an ceithir cèrnaimean anns an Eaglais. Tha a' cheud chàirbhis a' tòiseachadh aig ochd uairean 's a' mhaduinn.

Ri taobh na h-eaglais chì sibh Ard-sgoil nan ingheanan. Tha mu trì cheud maighdeann a' faotainn fòghluim ann an so fo chùram agus fo sheòladh nam mnathan-teagaisg Albannach agus Innseanach.

Buinidh na caileagan so do na gleanntan agus na beanntan mu thimchioll. Tha a' chuid mhór dhiùbh fad o'n dachaidh. Fad seisean na sgoile, tha iad a' còmhnuidh anns na *hostels* far am bheil iad fo riaghladh nan àrd bhan-sgoilearan.

Ceum no dhà suas aodann na beinne, chì sinn Ard-sgoil nan gillean. Tha mu chòig ceud balach air rola na sgoile so. Co-cheangailte rithe, tha collaist air son a bhi 'g oileanachadh mhaighstirean-sgoile, agus sgoil eile air son cheisdearan.

Sgoil agus Ospadal

Tha sgoil mhór eile ann anns am faigh an òigridh còlas air ceardean agus ealaidhean-làimhe. Tha figheadairean, is saoir, is goibhnean, is greusaichean-bhròg, is clachairean a' fàgail na sgoile so ullamh agus comasach air an lòn làitheil a' chosnadh 'n an ceaird fhéin.

Tha ospadal mór an so a chaidh a mheùdachadh o àm gu àm. An diugh is e an tigh-leighis is mò ann am Bengal a mach a' baile Chalcutta. Tha ceithir dotairean agus fichead ban-altrum a' frithealadh air na daoine tinne. Ma tha iad maith air an dòigh, tha iad a' pàigheadh beagan. Ma tha iad bochd chan eileas a' cur dad orra.

Tha cuimhne aig a' Mhission gu'n do ghabh an Tighearna Iosa truas ris na lobhair. Tha Asylum no ospadal acasan dhaibh fhéin, suidhichte air gualainn enuic beagan air falbh o'n Ospadal mhór. Gabhaidh am baile beag so suas ri ceud lobhar. Bithidh iad a' tighinn ann as gach cèarn, agus tha leithid de sgìl aig dotairean an latha 'n diugh's gu'm bheil dòchas maith aig gach lobhar a thig a stigh gu'm faigh e feabhas no leigheas.

Clann gun iarraidh

Mu chòig ceud troigh a dh'àirde os cionn nan aitreabh so, air chathach ma beinne, chì sinn na Dachaidhean ainmeil a tha fo chùram an Ollaimh Urramaich, Iain Greumach. Tha mu shé ceud pàisde Eurasianach anns an teaghlach mhór so, agus tha iad air am biadhadh, air an còmhachadh, air an oileanachadh ann an litreachas agus ann an ealaidhean feumail. Air dhaibh

aois choimhlionta a ruigheachd, tha iad air an suidheachadh ann an obair far an coisinn iad am beòthlann fhéin. Tha earrann mhór de'n chloinn sin cho soilleir anns a' chraicinn 's ged nach biodh boinne fala Innseanach anta. Tha cuid eile faisg air a bhi cho donn ris an dearbh Innseanach. A' bruidhinn Beurla, tha iad a' cur fonn sònraichte air an guth. Tha e eucomasach dhaibh am fonn neònach sin a sheachnadh, agus cluinnidh sibh clann a chaidh fhòghlum le maighstirean-sgoile Albannach a tha cho coimheach 'n an cainnt 's ged nach d'fhàg iad riamh am bazaar far an d'rugadh iad.

Tha crannchur an t-sluaigh sin, anns a bheil fuil an Ear agus an Iar a' coinneachadh, glé mhi-fhortanach anns an latha'n diugh. Tha na fìor Innseanaich 'g am meas mar choigrich, agus aig an aon àm a' deanamh dearmaid orra. Air an làmh eile chan'èil na daoine geala 'g am meas mar ionnan ann an inbhe riutha fhéin. 'Nuair a gheibh na h-Innseanaich féin-riaghladh cha bhi aig na Eurasianaich ach daithed thioram.

Turus latha

Tiugainneamaid a nis air turus-latha am meas nam beann. Cuireamaid ar dinneir 'n

ar pòcaidh agus thoireamaid leinn bata làidir 'n ar làimh. Cuiridh sinn feum air an dà chuid. Fàgamaid Kalimpong agus deanamaid air an rathad a tha suaineadh a null 's a nall am measg nan àrd-bheann agus a tha tighinn gu crìch anns an dùthaich dhìomhair sin, Tibet. Cha ruig sinn Tibet. Chan fhòghnadh na bu lugha na trì seachdainnean air son an turuis sin. Ach ni sinn latha dheth. Coimhid sios fodhad. Tha thu còig mìle troigh os cionn a' chòmhnaird. Chi thu sléibhteann is glinn is coilltean is aimhnichean, agus fada fada air falbh, is dòcha gu'm faigh thu sealladh air Còmhnard mór nan Innsean. Far am bheil talamh fosgailte, saor o choille, tha a' h-uile òrleach air àiteach gu cùramach. Tha taobh na beinne cho cas is gu'm feum an luchd-àiteachaidh am fearann a ghearradh suas 'na shreathan (terraces). Tha gach sreath chaol air a càradh air bunait chloiche. Anns na raoin chaola fhada sin, mu leathad sé no seachd a throighean, tha na daoine easgaidh cùramach sin a' togail bàrr maith de gach luibhe is gràin.

Ma chi sibh na sreathan sin beagan bhuaibh, tha iad a' sealltuinn coltach ri staidhir mhór a' streap ri cliathach na beinne.

(*Ri leantuinne*).

An t-Urramach Iain Mac Phàil, nach maireann

THA sinn duilich gu'n do chaochail an seann duine gasda so, am ministear a bu shine anns a' Ghàidhealtachd no anns na h-Eileanan. Rugadh e an Leòdhas an 1843; bha e air oileanachadh an Oil-thigh Ghlaschu, is shaothraich e an Eaglais na h-Alba, an toiseach am Beinn-na-faodhla, an sin an sgrì Uige, agus mu dheireadh an Nis, an ceann a Tuath Leòdhais. Mar so bha a làithean

uile air an cur seachad eadar Uidhist agus Leòdhas.

Bha e 'n aodhair dileas agus 'n a shearmonaiche maith, a' seasamh gu làidir air teagasg Iain Calvin, gun a bhi toirt gnùis do bheachdan eile ach iad sin fhéin. Ach bha e 'n a dhuine coibhneil cuideachd agus 'n a mhinistear soisgeulach air an robh meas mór aig a choimhthional agus a luchd-dùthcha.

Duan

SO mo dhùrachd dhuit cho mùirneach,
SBrìgh mo smaointean 's tagradh m'ùrnuigh:
Mil 'na d' bhial is iasg 'na d' chliabh,
Sealg air gad 's an còrr air sliabh;
Togradh t' aigne bhì 'ga ionnsuidh,
'S cuid gach latha dhuit nach diult e;
Sealbh nan gràs air sàil gach tionndadh,
'S gun ni 'dhìth ort bhì 'tu 'g ionndrainn;
Luas 'na d' chois is lùths 'na d' ghairdean:
Deagh-ghean choigreach 's gaol do chairdean;
D'inntinn fallain mar na frithean,
Sitheil, socair mar an sithèan;

Tàmh na h-oidhche dhuit cho sàmhach,
Ceòl a' chuain 'na d' chluais 'ga d'thàladh:
Com gun ghalar 's crìdh' làn gàire,
Grian a màireach dhuit air fàire;
Sgial is eòlas air gach coibhneas
'Lìonas bliadhnaichean le aoibhneas:
Gach ni tha gràineil leat, 'ga d'sheachnadh;
Gach ni is miann leat, thu 'ga mhealtainn:
Biadh is annlann aig do theaghlach,
'S mìr dheth 'n comhnuidh aig an fhéumach:
'S ma tha tuilleadh tha thu 'g iarraidh,
Gu robh Freasdal dhuit 'ga riaghladh.

Leis an Urramach Calum Laing, M.A., An Uidhist a Deas.



Gràdh Dhe air fhoillseachadh

SEARMON LEIS AN URRAMACH IAIN ROBASANACH, AN SGIR SHRÙTHAIN

“ Uime sin thugaibh faineas esan a dh’ fhuiling a shamhuil sin a dh’ anacainnt o pheacaich ’n a aghaidh féin, air eagal gu’m bi sibh sgìth agus lag ann ’ur n-inntinnean.”—EABHRUDDHICH XII. 3.

AM bheil dleasdanas sam bith a tha e mar Afhiachabh air Dia a choimhlionadh do’n duine? An robh co-éiginn sam bith air Dia an saoghal so agus an duine a chruthachadh? Cha robh bho ni sam bith an taobh a mach dheth fhéin ach an gràdh a tha ann fhéin, gràdh Dhé ag iarraidh creutair air an cárnadh E tiodhlacan a thròcair. Chan ann air son feum sam bith a bha aige air an duine a chruthaich Dia e. Chan ’eil ni sam bith againn uainn fhéin a bheir sinn do Dhia. Gach ni a tha againn ’s e Dia a thug dhuinn e, agus ge b’e ni a bheir sinn dhà chan ’eil ann ach a chuid fhéin. Chruthaich Dia an duine air son math an duine. Ann an cruthachadh an duine tha gràdh Dhé air fhoillseachadh.

Cha b’e ni a thàinig gun fhios air Dia a bha ann am peacadh an duine. Mu’n do chruthaich E e idir bha fhios aig Dia uile-ghlic gu’m biodh an duine a cheart cho comasach air peacadh agus a bhiodh e air ceartas agus air maithreas a dheanamh: ach ged a tha gràin aig Dia air a’ pheacadh tha a ghràdh cho mór agus nach b’ urrainn eagal ciod a dh’ fhaodadh tachairt a stad bho obair a’ chruthachaidh. Ann an cruthachadh an duine ann an staid anns am faodadh e peacadh, cha b’e obair mi-choimhlionta idir a rinn Dia ach obair cho coimhlionta agus a b’ urrainn Ti uile-chumhachdach a dheanamh. Mur biodh e comasach do’n duine peacadh cha bhiodh e sion na’s àirde ’na ghnè na beathaichean na macharach agus eunlaith nan speur. A chionn gu’n d’ thug Dia saor-thoil do’n duine tha e fiachail ann an sealladh Dhé ma bheir sinn buaidh air buaireadh agus gu’n dean sinn a thoil. Cho fad ’s a tha am meirleach anns a’ phrìosan cha leig thu leas taing sam bith a thoirt dha air son do chuid a bhì teàruinte: agus mur biodh an duine saor ’na thoil ciod a’ ghlòir spioradail a b’ urrainn e thoirt do Dhia? Cha b’ fhiach a mhaithreas sion a bharrachd air a’ mhaithreas a dh’ fhaodas a bhì ’s a chù no ’s an each agad. Chruthaich Dia an duine. ann an staid spioradail os cionn nan creutairean. Tha an duine comasach air maith a dheanamh a thogas cridhe Dhé gu gairdeachas. Thug Dia do’n duine anam neo-bhàsmhor. Ann an so cuideachd tha gràdh siorruidh Dhé air fhoillseachadh.

A chionn gu bheil Dia naomh chan urrainn e amharc air peacadh ach le fuath agus le gràin. Ann am peacadh tha sinn a’ cogadh an aghaidh riaghladh Dhé. Air an aobhar sin am bheil peacadh a’ toiltinn ni sam bith ach fearg Dhé? Na’n tilgeadh Dia air fàlhbh sinn cha b’ urrainn sinn a ràdh le ceartas gur h-ole a rinn e. Ciod, ma ta, is urrainn sinn a ràdh mu fhad-fhulangas d’ar taobh, ach:

Beannaicht’ gu robh gu siorruidh buan
Ainn glòrmhor uasal féin?

’S e rioghachd ceartais a tha ann an rioghachd Dhé. Cha b’ urrainn an duine ’na pheacadh dol a steach innte: agus bha agus tha an duine a’ sior chur tuilleadh air càrn a’ pheacaidh. Cho fad agus a rachadh iad air adhart mar sin ciod an dòchas a b’ urrainn a bhì aca ri rioghachd Dhé? An àite i bhì dlùthachadh ’s ann a bha iad ’g a sior chur na ’s fhaide uapa le am peacadh. Ma bha iad ri faotainn, agus b’e deagh-thoil Dhé gu’m faigheadh, dh’ fheumadh iobairt-rèitich a bhì air a deanamh air son peacadh a’ chinne-daonna. Co as a bha an iobairt-rèitich sin ri tighinn? Cha b’ urrainn daoine peacach a’ toirt seachad: agus chan ’eil agus cha robh duine as eugmhais peacaidh. Cò an t-aon a bha cho coimhlionta ann an naomhachd agus gu’m b’ urrainn E an iobairt so a thoirt seachad? Cha robh ach Dia: agus cha robh iobairt ’s am bith a bha maith gu leòr air son ar peacaidhean a ghlanadh as ach Criosd.

A nis ciamar a bha Dia a’ dol a shealltuinn air a Mhac naomh iobradh air son peacaidhean dhaoine? Dia a ghràdhachd daoine peacach cho mór cha b’ urrainn a ghràdh a bhì sion na bu lugha air son a Mhac Iosa Criosd. Ciod a bha am Mac ri fhulang? Dh’ fhuiling E am bàs: ach ann an glòir nèimh fhàgail air son truailleadheachd an t-saoghail so dh’ fhuiling E fada barrachd; agus chan ’eil teagamh nach do ghoirtich so Dia gus a’ bheò. Ciod a tha sin ach gràdh neo-chrìochnach Dhé? “ Is gann a dh’ fhuilingeas duine bàs air son duine chothromaich; ach theagamh gu’m biodh aig neach éigin de mhìsniich eadhon bàs fhulang air son duine mhaith. Ach tha Dia a’ moladh a ghràdh féin duinne, do bhrìgh an uair a bha sinn fathast ’n ar peacach gu’n

d'fhuiling Criosd bàs air ar son." Dh' fhaodamaid a smuaineachadh nàdurra gu'n d' thugadh Dia tiodhlac cho mòr de ghràdh do dhaoine maith, ach is e ni miorbhuileach a tha ann gu'n d' thug E sin do pheacaich. Ann an tighinn do'n t-saoghal ann an coslas feòla peacach bha am Mac a' fulang agus bha an t-Athair a' fulang tre 'n Mhac. Smuainich air na dh' fhuiling E anns an fheoil. Nach E bhiodh air a chràdh le neo-thuigse a mhàthar agus a bhràithrean aig toiseach a mhinistrealachd? Cuimhnich an truas a bha aige ri peacaich. Nach mòr thar tomhais an dragh a chuir peacadh air? Nach ann le cridhe a sgàineadh a labhair E "A Ierusalem, A Ierusalem, a mharbhas na fàidhean, agus a chlachas an dream a chuirear a t-ionnsuidh, cia minic a b' àill leam do chlann a' chruinneachadh r'a chéile, mar a chruinnicheas ceare a h-còin fo a sgiathan, agus cha b' àill leibh-se." "A nigheanan Ierusalem, na guilibh air mo shon-sa, ach guilibh air 'ur son féin, agus air son 'ur cloinne?"

Bu phianail bàs air a' chrànn-cheusaidh, ach do chreutair cho co-fhulangach ri Iosa b'e am pian a bu mhotha a bhì a' faicinn a mhàthar 'na seasamh làimh ris a' chrànn-cheusaidh agus a cridhe briste air son a Mic.

Dh' fhuiling E ana-cainnt o sgrìobhaichean 's o Phairisich, o shaighdearan 's o ghaduiche, 's o dhaoine a' dol seachad air an rathad. Thug daoine ana-cainnt dha 'n uair a bha E a' làn-oibreachadh an slàinte. Cha d' fhuair Pilat ni sam bith toilteanach air bàs ann. Cheus am mi-cheartas a tha ag éirigh á peacadh dhaoine E: agus b' e ùrnuigh air a' chrànn "Athair, maith dhaibh, oir chan 'eil fhios aca ciod a tha iad a' deanamh." Nach ann-san a bha an gràdh?—Gràdh Dhé a' maitheadh peacaidh.

Tha crànn-ceusaidh a' chriosduidh tròm ri ghiùlain agus air an aobhar sin tha sinn an còmhnuidh ann an cumnart fannachadh air an t-slighe: ach ciod na 'n robh gràdh Dhé air fannachadh? Ciod na 'n robh Criosd air tionndadh air fàlhb o'n chrànn-cheusaidh? Mile agus naoi ceud bliadhna an déidh Chriosd tha mòran a tha mi-chriosdail air fhàgail fhathast anns an t-saoghal; ach cho cinnteach agus a thog Dia Iosa o na mairbh thig rìoghachd Dhé. Nach 'eil sin air a ghealltuinn ann an aiseirigh Chriosd? Thigeamaid air an aobhar sin beò ann an dòchas, a' dol o neart gu neart tre fhoillseachadh gràdh Dhé annsan "a dh' fhuiling a shamhuil sin a dh' anacaint o pheacaich 'n a ghaidh féin."

Gàidheil nan Innsean

(Air a leantuinn)

LEIS AN URRAMACH IAIN MAC AONGHUIS, M.A., AN HACRAIG.

Turus latha

Tiugainneamaid a nis air turus-latha am measg nam beann. Cuireamaid ar dinneir 'n ar pòcaidh agus thoireamaid leinn bata làidir 'n ar làimh. Cuiridh sinn feum air an dà chuid. Fàgamaid Kalimpong agus deanamaid air an rathad a tha suaineach a null 's a nall am measg nan àrd-bheann agus a tha tighinn gu crìch anns an dùthaich dhiomhair sin, Tibet. Cha ruig sinne Tibet. Chan fhòghnadh na bu lugha na trì seachdainnean air son an turuis sin. Ach ni sinn latha dheth. Coimhid sìos fodhad. Tha thu còig mìle troigh os cionn a' chòmhnaird. Chi thu sléibhteann is glinn is coillteann is aimhnicheann, agus fada fada air falbh, is dòcha gu'm faigh thu sealladh air Còmhnaid mòr nan Innsean. Far am bheil talamh fosgailte, saor o choille, tha a' h-uile òirleach air àiteach gu cùramach. Tha taobh na beinne cho cas is gu'm feum an luchd-àiteachaidh am fearann a ghearradh suas 'na shreathan (terraces). Tha gach sreath chaol air a càradh air bunait chloiche. Anns na raoin chaola fhada sin, mu leathad sé no seachd a throigean, tha na daoine easgaidh cùramach sin a' togail bàrr maith de gach luibhe is gràin.

Ma chi sibh na sreathan sin beagan bhuaibh, tha iad a' sealltuinn coltach ri staidhir mhòr a' streap ri cliathach na beinne.

Coimhid suas os do chionn. Chi thu an aon seòrsa fearainn is an aon seòrsa àitich suas gu ochd, fadann gu deich mìle troigh os cionn a' chòmhnaird. Agus os cionn an fhearainn-àitich, tha na beanntainnean àrda ag éiridh, bidean os cionn bidean, suas gu dùthaich an t-sneachda, far am bheil Kinchinjunga fhéin a' suidhe ann am maise agus ann am mòralachd. Cha do ràinig cas duine riamh mullach Kinchinjunga agus 's e mo bheachd fhéin nach ruig gu bràth.

Cor na tuatha

Ach cumamaid na 's fhaisge air an dachaidh. Beachdaich air an tigh-chòmhnuidh ud ri taobh an rathaid; ballaichean fiodha no cloiche, mullach tughaidh; no ma's e tigh ùr e, mullach iarunn. Tha verandah bheag aig aon cheann, far am bi fear-an-tighe a' suidhe 'nuair a thig e dhachaidh o obair. Tha an crodh ag ional-tradh timchioll air an tigh. Beathaichean mòra maiseach, tur dhealaichte o na creutairean beaga truagha a chi sibh shìos air a' Chòmhnaird

Mhór. Tha na cearcan fhéin na's foghaintiche na cearcan meanbh a' Chòmhnaird. Tha treudan ghobhar a' tighinn beò air cluairin is luibhean clais an rathaid. Is e so dùthaich each beag nam beann; am Bhutia, mar thei-rear. 'S e na daimh a bhios a' deanamh an treabhaibh, far am faighear crann a chur am feum. Agus 's e na daimh a bhios a' tarruing nan cairtean. Tha an t-each beag feumail air son marcachd agus air son giùlan eallaich-srathrach. Tha iad soirbh an cumail oir thig iad beò gu beag air neo-ni.

Na Gillean-eallaich

Tachraidh sinn ri sreang de ghillean-eallaich. Tha cléibh mhóra air an druim, làn de ghul-fiodha, no de bhathar eile. Tha iad a' giùlan furm fada anns an aon làimh, agus 'nuair a bhios iad air son anail a ghabhail, suidhichidh iad an cliabh air an fhurm sin. Gheibh iad mu ochd sgillinn 's an latha air son na h-obair sin. Chan'eil dad aca an asgaidh dheth.

Theid sreath fhada chairtean seachad oirnn. Tha na daimh mhóra chrotach a' tarruing an eallaich gu sèimh socair. Tha na cairtean air an lònadh suas le orainsrean bòidheach, òr-bhuidhe. Anns a' Bazaar gheibh iad eadar sé agus naoi sgillinn an ceud orra.

'S e luchd-leanmhuinn Bhuddha tha ann am móran de'n t-sluagh. Mar sin bitheamaid cinnteach gu'n tachair Llama oirnn. Tha e air a chòmhdach ann an trusgan buidhe agus tha a dheisciobuil ceum no dhà as a dhéidh. 'S e na Llamas manaich nam beann. Tha suaicheantas àraidh ceangailte air a bhroilleach. Tha cuibheal-ùrnuigh 'na làimh. Tha bocsa beag umha air a dhruim anns a bheil leabhraichean, is paipear, is peann, is dubb. 'S e sgoilear tha anns an Llama 'n a dhòigh fhéin. Tha e a' giùlan uisge ann an slat chuile. Tha an t-oileanach a' giùlan cuman beag fiodha. 'Nuair a thig iad gu tigh, ma tha feum bidh orra, bheir am balach an cuman leis agus thig e air ais leis na dh'fhòghnas air son na dithis aca. Chan fheumar diùltadh oir lasaidh corruich nan nèamhan an aghaidh an fhir sin nach toir déire do na Llamas. Ach a réir an t-soluis a tha aca, tha móran de na Llamas cliùteach beusach 'n an giùlan.

Urnuigh gun dragh

Tha sinn a nis a' dol seachad air baileachan beag ri taobh an rathaid. Tha sreath mhór de bhraitaichean bàna a' cuartachadh a' bhaile. Tha iad ceangailte ri slatan àrda cuile. Tha iad uile a' crathadh gu h-aighearrach anns a' ghaoith. Dé tha so, an e banais no cuirm? Chan e. 'S e brataichean-ùrnuigh tha sinn a' faicinn; tha gaoth is grian is uisge a' glanadh nam brataichean, agus aig an aon àm, tha peacaidhean an t-sluaigh air an giùlan air falbh

Tha iad a' creidsinn gu bheil sàr-éifeachd anns an dòigh so air saorsa spioradail a bhuannachd.

Is e sud iodhal a tha sinn a' faicinn os cionn clais an rathaid. Tha suidheachan fiodha air a chàradh air a bheulaibh air son feum an luchd-aoraidh. Bha e grannda gu leòr an toiseach, ach tha e na's miosa nis o'n dhathadh e ann an gorm 's an dearg. Ach faodaidh sinn a thuigsinn gu bheil an iodhal mhì-thlachdmhor so glé mhaiseach ann an sùilean nan creidmheach. Bithidh iad a' tighinn an so a dh'ùrnuigh agus a thairgsinn iobairtean agus thabhartasan. Bheir fear leis dòrlach sil; fear eile ceare; is fear eile gobhar. Ithidh iad an fheòil 'nuair a bhios an t-iodhal buidheach.

Rìomhadh nam ban

Tachraidh sinn ri buidheann de mhnathan a' deanamh air a' mhargadh. Tha iad air an sgeadachadh gu h-òirdhearc ann an aodach buidhe is dearg is uaine. Bithidh fainneachan òir 'n an sròin, agus cluigeanan òir 'n an cluasan. Tha coilearan òir no airgid timchioll air an amhaich. Tha cearcaill airgid air an aobrannan agus air caol-an-duinn. Tha iad glé thoigheach air tairtain Ghàidhealach, agus air latha féille shaoileadh tu gu robh thu anns an Oban air latha mór a' Chruinneachaidh.

Theid sinn seachad air eaglais bhig; tha sin ag innseadh dhuinn gu bheil coimhthional Croisduidh anns an sgìreachd so. Tha sgoil ri taobh na h-eaglais, comharradh eile gu bheil an Eaglais Albannach ag àiteach gu dìleas anns an fhion-lios.

Dorus gun fhosgladh

Air mullach bidein os ar cionn, chì sinn mainisdir mòr Tibetanach; is e so dachaidh manaich an trusgain bhuidhe.

Ach gheibh sinn dearbhadh eile gu bheil sinn faisg air an dùthaich dhìomhair sin. Tha *caravan* chlàimhe a mach à Tibet a' tighinn a nuas d'ar n-ionnsuidh. Cluinnidh sinn comhar-taich nan con bheaga bhàna. Tha glion-garsaich cheòlmhor nan glagan a tha ceangailte timchioll amhach na muileadan 'g ar ruigheachd. Tha srathair air gach muilead agus poca mór clòimhe air gach taobh. Chan'eil duine 'n an ceann. Bithidh suas ri ceud beathach anns an dròbh, agus còig no sè Thibetanaich air an cùlaibh 'g an iomain air aghart.

Glé thric ann a bhì tachairt ri coigrich air an rathad, gabhaidh fear no dhà de na muileadan sgeun, agus nì iad ri beinn; tha na coin anns a' mhionaid a' deanadh air an tòir agus 'g an iomain air ais.

'S e daoine móra foghainteach tha anns na dròbhairean sin. Tha iad air an éideadh ann an còta mór farsuinn ruadh, agus crios mu'm meadhon. Tha bòtannan móra orra suas gu'n

glùinean, agus boinneid bhéin air an ceann. Tha gach fear dhiubh a' giùlan biodag no claidheamh goirid, ach air son sin cha chuala mi riamh gu robh iad buailteach air aimhreit. Tha coltas sunndach laghach aighearrach orra.

Tha am Mission a' cumail dotair air son a bhi coimhead as déidh an t-sluaigh sin, oir tha mìltean dhiubh air an rathad an àm an t-samhraidh, agus 'nuair a dh'fhàgas iad an dùthaich fhéin, tha iad glé bhualteach air gach tinneas a tha dol a ghlacadh.

Eòghan MacCoinnich

Tha coimhthional Tibetanach a nis ann an Kalimping, coimhthional a chaidh a chruinneachadh agus a thogail suas le saothair dhileas a' Ghàidheil chòir sin, an t-Urr Eòghan

MacCoinnich, a chaochail an uiridh ann an Gleann Moireasdan. Chuir e fichead bliadhna seachad a' craobh-sgaoileadh an t-soisgeil am measg ran Tibetanach. Bha eòlas anabarrach aige air an cainnt agus dh'eadar-theangaich e "Turas a' Chrìosduidh," agus leabhraichean maith eile do'n chànan Thibetanach.

Thàinig sinn gu deireadh ar turuis. Chunnac sinn mòran, agus tha mòran eile ri fhacinn. Tha soisgeul an Tighearna Iosa 'n a chumhachd an diugh am measg fineachan nam beachd. Gu'n deònaicheadh an Tighearna gu'm fàsadh a' gheug mhaoth a phlanndaich a làmh fhéin air sléibhteann uachdarach na Himalyas gu bhì'n a craobh làidir; gu'n deònaicheadh e gu'm biodh duilleach na craobhe sin chum leighis nan cinneach.

Na Ceithir Soisgeulan

LEIS AN URRAMACH TOMAS M. MACCALMÀIN, M.A., MINISTEAR GHLINN EILGE

CHAN 'eil cunntas againn gu'n tug an Tighearna Iosa riamh làmh air sgrìobhadh ach aon uair a mhàin, agus b'e sin an uair a thugadh d' a ionnsuidh a' bhean a ghlacadh ann am peacadh, agus "chrom e sìos agus sgrìobh e le mheur air an làr" (Eoin viii. 6). Cha mhòtha na sin tha iomradh againn gu'n d'fhàg an Tighearna òrdugh gu'm bitheadh eachdraidh a bheatha air a sgrìobhadh sìos. Is ann a chruinnich e m' a thimchioll a dhà-dheug de dhaoine gun fhòghlum agus cumanta, agus dh'earb e riutha-san a bhi 'n am fianuisean air agus a bhi 'g a chumail-san ann an cuimhne an t-saoghail. Bha ionmhas lànachd gràis agus firinn Dhé air a chuir ann an soitheachan crèadha a chum gu'm bitheadh òirdhearcais a' chumhachd o Dhia.

An déidh e dhòl suas do Ghòir, bha luchd-leanmhuinn Chrìosd 'n am buidheann bhig, a' cruinneachadh chum aoraidh ann an tighean a chéile, a' buanachadh gu seasmhach ann an teagasg nan abstol agus ann an co-chomunn agus ann am briseadh arain agus ann an ùnuigh-ean (Gnìomh. ii. 42). B'e am Biobull a bha aca an Seann Tiomnadh, oir cha robh fhathast eadhon aon chaibideal de 'n Tiomnadh Nuadh sgrìobhte. Mar a bha creidmhic ùra 'g an cur ris an eaglais, bha na bràithrean a' cur an céill dhoibh an nì a chunnaic agus a chuala iad; agus bhitheadh iad ag aithris d' a chéile teagasg Chrìosd agus eachdraidh a bheatha. Cha deachaidh an gluasad fhathast gu dà a chur ann an sgrìobhadh. Bha aobhar air son so. Bha iad tric a' cuimhneachadh air briathran Chrìosd, "Tha mi ag ràdh ruibh nach imich sibh air feadh bhailtean Israeil mu'n tig Mac an duine" (Mata x. 23), agus air briathran nan aingeal (Gnìomh. i. 11), "An t-Iosa so a

thogadh suas uaibh gu nèamh, is amhuil sin a thig e, mar a chunnaic sibh e a' dol gu nèamh"; agus bha làn-dhùil aca gu'n tilleadh an Tighearna mus d'rachadh a' ghinealach aca fhéin seachad. Mar sin, ma bha deireadh an t-saoghail cho faisg, cha robh aobhar tòiseachadh air sgrìobhadh.

Teachd an Tighearn

A rithisd, bha an eaglais làn-riaraichte le beul-aithris nan abstol agus an dream sin a bha 'n an sùil-fhianuisean air Chrìosd ann an làithean fheòla. Co dhiubh, chaidh bliadhnaichean seachad, agus thòisich amharas a bhi aca nach tilleadh an Tighearna cho aithghearr agus a bha dhùil aca, agus bha cuid eadhon ag ràdh, "C'àite am bheil gealladh a theachd? oir o chaidh na h-aithrichean tha na h-uile nithean a' fantuinn mar a bha iad," ach fhuair iad tuigse "gu'm bheil aon latha aig an Tighearna mar mhìle bliadhna, agus mìle bliadhna mar aon latha" (2 Pead. iii. 8), agus mar sin gu'm faodadh linntean dhòl seachad mus tilleadh an Tighearna. Air an aobhar sin dh'fheumadh iad ionnsuidh a thoirt air teagasg agus eachdraidh Chrìosd a chur ann an sgrìobhadh air sgàth nan ginealach ri teachd 'n an déidh. A bharrachd air sin, bha na h-abstoil agus na sùil-fhianuisean a' faighinn a' bhàis, aon an déidh aoin, agus mu dheireadh nach bitheadh aon neach air fhàgail a chunnaic agus a chuala an Tighearna; agus bha e iomchuidh mar sin gu'n cuirteadh fianuis an dream sin sìos ann an sgrìobhadh mus tigeadh am bàs orra. B'ann an uair sin a thòisich feadhainn 'n am measg, fo dheachdadh an Spioraid Naoimh, air na h-uile nithean air an robh fios aca mu thimchioll Chrìosd a sgrìobh-

adh sìos. B'ann anns an dòigh sin, cho fad agus is aithne dhuinne, a thàinig na ceithir soisgeulan gu bith.

Cùram diadhaidh

Tha an soisgeulaiche Lucas (i. 1-4) a' nochdadh gu'n robh trì ceumannan ann an deanamh nan soisgeulan. An toiseach, mar a thuirt sinn cheana, bha aithris nan sùil-fhianuisen air a sgaoileadh a mach feadh na h-eaglaise. B'e an dara ceum "gu'n do ghabh mòran os làimh eachdraidh a sgrìobhadh ann an òrdugh air na nithean sin a tha air an coimhionadh 'n ar measg-ne." B'e an treas ceum gu'n do ghabh Lucas fhéin os làimh dearbh-fhios faotainn air na h-uile nithean o 'n fhìor-toiseach agus an sgrìobhadh sìos ann an òrdugh chum gu'm bitheadh fios aig a luchd-leughaidh air cinnteachd nan nithean anns an deachaidh an teagasg. Is e a rinn Lucas agus Mata aithris agus làmh-sgrìobhadh a chruinneachadh agus an cur an altaibh a chéile a chum gu'm bitheadh làn-chumntas aig an eaglais air obair agus teagasg Chrìosd, oir bha so gu sònruichte feumail air do 'n eaglais a nis a bhi sgaoileadh a mach am measg nan cinneach aig an robh mór-fheum a bhi air an teagasg.

Eoin dealaichte bho chàch

Ma ramsaicheas sinn gu mionaideach agus gu foighidinneach na ceithir soisgeulan, bheir sinn faineir dà nì gu sònruichte—(1) Ged a tha Eoin ag ràdh (xxi. 25) "na'm bitheadh na h-uile nithean a rinn Iosa air an sgrìobhadh sìos nach cumadh an saoghal fhéin na rachadh a sgrìobhadh de leabhraichean," gidheadh chan 'eil na ceithir soisgeulan ag innse ach glé bheag de na mòran nithean sin—sia mhìorbhuil deug thar fhichead agus ochd cosamhlachd deug thar fhichead. A thuilleadh air sin, tha aon mhìorbhuil deug agus sia cosamhlachdan air an toirt dhuinn ann an trì de na soisgeulan. Shaoil-eamaid gu'm feuchadh gach aon aca nì air chor-eigin innse nach robh air innse leis an fheadhainn eile. (2) Tha Mata, Marcus, agus Lucas, móran na 's coltaiche r' a chéile na tha aon air bith aca ri Soisgeul Eoin. Chan 'eil ach aon mhìorbhuil (beathachadh nan còig mìle) coitcheann do Eoin agus do na trì eile. Chan 'eil cosamhlachdan idir ann an Eoin; agus tha eadar-dhealachaidhean eile ann cuideachd. Tha sin a' nochdadh gu'm bheil co-chòrdadh agus dlùth-cheangal eadar a' cheud trì, agus gu'm bheil Eoin 'n a soisgeul air leth.

Marcus air toiseach

Chan e mhàin gu'm bheil soisgeulan Mhata, Mharceis, agus Lucais a' toirt iomraidh air na h-aon chuspairean, ach tha iad glé mhór a' co-chòrdadh anns na briathran a tha iad ag ùisneachadh agus anns an òrdugh anns am

bheil iad air an cur sìos. Mar eisemclair air so, cuir ri taobh a chéile—Marc i. 14-20, Mata iv. 12-22, Lucas iv. 1-v. 11; neo Marc xiv. 10-72, Mata xxvi. 14-75, Lucas xxii. 3-62. Ann am Marc tha 661 earrannan uile gu léir, agus gheibhear 600 diubh sin, le glé bheag de atharrachadh, ann am Mata, agus 350 diubh ann an Lucas. Chan 'eil ach 31 earrannan ann am Marc nach fhaighear mar an ceudna ann am Mata neo Lucas. An uair a nithear geur-rannsachadh, chithear combharraidhean gur e Marc a chaidh a sgrìobhadh an toiseach, agus gu'n robh soisgeul Mharc aig Mata agus Lucas 'n an làimh an uair a sgrìobh iad na soisgeulan aca fhéin. Ach tha Mata agus Lucas ag innse barrachd na gheibhear ann am Marc, agus that còrr agus da cheud earrann anns am bheil Mata agus Lucas a co-chòrdadh nach fhaighear ann am Marc idir. Mar sin shoeraich Mata agus Lucas na soisgeulan aca, chan ann a mhàin air soisgeul Mharc, ach air làmh-sgrìobhadh agus aithris air chor-eigin eile.

Seann seanchaidh

Tha sinn a' faighinn soluis air a' chùis o fhear d' am b' ainm Papias, aon de phrìomh-aithrich-ean na h-eaglaise, ann an leabhar a sgrìobh e mu cheud bliadhna an déidh ceusadh Chrìosd. Bha Marcus, arsa Papias, 'n a fhear-mineachaidh aig Peadar, agus sgrìobh e sìos na nithean a bha Peadar ag aithris mu Chrìosd. B'e Eoin, d' am bu cho-ainm Marcus, mac peathar do Bharnabas, caraid Phòil (Col. iv. 10), agus b'i a mhàthair Muire aig an robh tigh ann an Ierusalem. B'ann ann an tigh Mhuire màthair Eoin a bha an seòmhar-uachdarach anns an do ghléidh an Tighearna an t-suipear dheireannach agus anns am bitheadh na ceud chreidmhic a' cruinneachadh chum ùrnuigh (Gnìomh. i. 13; xii. 12). An uair a chaidh Pòl agus Barnabas a mach a shearmonachadh ann measg nan cinneach, bha Eoin Marc aca mar fhear-frithealaidh (Gnìomh. xiii. 5), ach thréig e iad leth-rathaid agus thill e dhachaidh. An uair a rùnaich Pòl agus Barnabas falbh air an ath-thurus, "b' àill le Barnabas iad a thoirt Eoin d' an co-ainm Marcus leotha, ach cha do mheas Pòl gu'm bu chòir dhoibh esan, a dh'fhalbh uatha o Phamphilia, agus nach deachaidh maille riutha chum na h-oibre, a thoirt leotha. Dh'éirich uime sin connspoid eatorra cho dian agus gu'n do sgaradh o chéile iad, agus mar sin thug Barnabas leis Marcus agus chaidh iad air luing gu Ciprus, ach thagh Pòl Silas" (Gnìomh. xv. 37-40).

Ach aig deireadh a làithean bha meas mòr aig Pòl air Marc, agus sgrìobh e m' a thimchioll gu Timoteus mar so, "Gabh Marcus agus thoir leat e, oir tha e feumail dhomh-sa chum na ministrealachd" (2 Tim. iv. 11).

Tha cuid a' smuaineachadh gur e Eoin Marc

an t-òganach àraidh a lean Crìosd anns an oidhche anns an do bhrathadh e (Marc. xiv. 51). Co dhiubh, bha Peadar agus Eoin Marc glé mhór aig a chéile—" Marcus mo mhac " ghairm Peadar dheth (1 Pead. v. 13). An déidh bàs Phòil agus Pheadair, suas ri dà fhichead bliadhna an déidh ceusadh Chrìosd, sgrìobh Eoin Marc anns an Ròimh an soisgeul a tha giùlan ainme.

Chum nan Iudhach

Tha Papias cuideachd ag ràdh gu'n d'rinn Mata co-chruinneachadh anns a' chànain Eabh-rach de bhriathran Chrìosd. B'e Mata so Levi mac Alphaeus, an cis-mhaor, fear de 'n dà dheisciobul deug; agus rinn e an co-chruinneachadh so mu dheich bliadhna fichead an déidh ceusadh Chrìosd. Beagan bhliadhnaichean an déidh sin ghabh neach-eigin Soisgeul Mharcuis agus co-chruinneachadh Mhata agus mar an ceudna co-chruinneachadh eile de na nithean ann am beatha Chrìosd a tha 'n an coimhionadh air fàidheadaireachd an t-Seann Tiomnaidh (gheibhear na briathran—" chum gu'm bitheadh an sgrìobtuir air a choimhionadh "—na 's trice am Mata na ann an gin de na soisgeulan eile). Agus a mach as na trì sin, agus á aithrisean eile, rinneadh an soisgeul a tha dol fo ainm Mhata.

An léigh gràdhach

B'e Lucas, " an léigh gràdhach " (Col. iv. 14), companach Phòil. Bhitheadh Pòl air uairean air a shàruchadh le cion-slàinte (2 Cor. xii. 7; Gal. iv. 13), agus b' iomchuidh gu'm bitheadh dotair a' dol maille ris air a thurasan. Is e Lucas a sgrìobh Gnìomharan nan Abstol, ach roimhe sin sgrìobh e leabhar eile—" an ceud leabhar mu thimchioll nan uile nithean a thòisich Iosa air a dheanamh agus a theagas " (Gnìom. i. 1)—agus b'e an leabhar sin Soisgeal Lucais. Ann an sgrìobhadh a shoisgeil, dh'ùisinnich Lucas Soisgeul Mharcuis agus co-chruinneachadh Mhata, agus mar an ceudna mòran de nithean eile nach fhaighear ann an Mata neo Marc, mar a tha caib. i agus ix. 51 gu xviii. 14, agus earrannan eile. Tha e air a ràdh gu'n d'fhuair e na nithean sin o Mhuire màthair Iosa agus o na mnathan eile a b'abhaist a bhì frithealadh do'n Tighearna.

Is ann mar sin a tha luchd-fòghluim, a tha rannsachadh nan cuspairean sin, a' cur soluis dhuinn air mar a thàinig na soisgeulan gu bhì air an sgrìobhadh anns a' chumadh anns am bheil iad againn an diugh. Nach iongantach na dòighean agus na meadhonan a chleachd an Spiorad Naomh ann a bhì cur ann an sgrìobhadh eachdraidh beatha an t-Slànuigheir " chum tré fhoighidin agus comhfhurtachd nan sgrìobtur gu-m bitheadh dòchas againne " (Rom. xv. 5).

An diadhair mór

Cha cheadaich tuine dad a ràdh an so mu Shoisgeul Eoin. Fòghnaidh e a ràdh gu'm bheil e na 's diomhaire na na trì eile. Ma tha Mata agus Marcus agus Lucas a' toirt dhuinn dealbh Chrìosd anns an fheòil 'n a uile mhaise, tha Eoin a' cur crùn air Chrìosd dhuinn—eadhon crùn glòir na siorruidheachd. Tha an tiodhlac do-labhairt iomadh-taobhach, agus tha gach aon a' faicinn taobh dha fhéin a réir a shuidheachaidh. Faic an sin beinn àrd. Amhairc oirre o 'n taobh so agus o'n taobh eile, o'n ear agus o'n iar, o'n tuath agus o'n deas, air latha grianach samhraidh, air latha gruamach geamhraidh, air latha frasach earraich, air latha ciùin foghair, an glasadh na maidne, fo dheàrsadh na gréine, an ciaradh an anamoich, fo sholus na gealaich—agus saoilidh tu gur e beinn eile a tha thu a' faicinn a h-uile uair; tha i mar gu'm b'eadh ag atharrachadh a cruth agus a dreach. Mar sin Chrìosd. Chan 'eil ann ach an aon Shlànuighear, ach nach lìonmhor na seallaidhean a gheibh sinn air, a réir ar suidheachaidhean agus a réir géiread ar fradhairc spioradail. Dh'amhairc na ceithir soisgeulaichean air Chrìosd, gach aon air a shon féin, agus chunnaic e nithean a bha air an àicheadh air an fheadhainn eile.

Leòmhann agus Iolair

Bhitheadh na seann diadhairean a' samh-lachadh nan ceithir soisgeulaichean ris an leòmhann, an duine, an laogh (neo damh), agus an iolaire, a dh'fhoillsicheadh do Ezekiel (i. 10) agus do Eoin an Diadhair am Patmos (Taisb. iv. 7). A réir an Naoimh Augustine, b'e Mata an leòmhann, rìgh beathaichean na machrach, a' toirt cunntais air an tì a bha air a bhreith 'n a rìgh nan Iudhach, a thàinig a shuidheachadh rioghachd, agus a dh'fhoillseachadh gné (Mata xiii) agus laghannan (Mata v-vii) na rioghachd. B'e Marc an duine, a' toirt cunntais mu Iosa a chuir dreach air nàdur na daonnachd le bhì na 's maisiche na clann nan daoine le gràs air a dhòrtadh 'n a bhilean. B'e Lucas an damh neo an laogh, a' nochdadh Chrìosd an dà chuid mar neach a tha giùlan callaichean an t-saoghail agus a tha 'g a thoirt fhéin mar iobairt air son an t-saoghail, solus a shoillseachadh nan cinneach, a shlànuchadh na muinntir aig am bheil an cridhe briste, a ghairm fuasglaidh do na braidhibh. B'e Eoin an iolaire, ag èirigh suas air sgiathan os ciann nan nithean faicsinneach agus aimsireil, agus a' nochdadh dhuinn Chrìosd mar fhacal siorruidh Dhe, tre an do chruthaich e fòs na saoghail, a rinneadh 'n a fheòil, làn gràis agus firinn. Ach cìod air bith na h-eadar-dhealachaidhean a tha eadar na ceithir soisgeulaichean, chunnaic iad

uile ann an Criosd neach a ghabh d' a ionnsuidh crùn, chan ann de dh'òr ach de dhroigheann, a chaidh àrdachadh, chan ann air rìgh-chathair ibhori ach air crann-ceusaidh Chalbhari, a

dh'fhuiling ana-cainnt pheacach 'n a aghaidh féin a chum slighe nuadh agus bheò fhosgladh dhoibh o chumhachd an dorchadais gu saorsa cloinne Dhé.

An Lòchran Siorruidh

LEIS AN URRAMACH COLLA DÒMHNULACH, D.D., AN SGÈR AN LAGAÌN

CHAN ann 's an Eiphit no am Babilon, anns' Ca Ghréig no anns an Roimh, no ann an dùthaich mhor bheartach, a chaidh an lòchran so a lasadh ach ann an tìr bheag bhochd agus am measg sluaigh le beagan fòghlum. Ach chaidh solus an lòchrain so a mach air feadh an t-saoghail uile, Facal an Tighearna a bha air a labhairt air tùs tre fhàidhean Israeil agus a bha air a labhairt anns na làithean deireannach tre Iosa Criosd, a Mhac.

C'àite a bheil lòchran a shoillseachadh na dachaidh a chuireas sinn an coimeas ris? Faodaidh comhfhurtachd agus cadhòn foghlum a bhì ann an tìgh ged tha na dorsan glaiste agus na h-uinneagan dùinte an aghaidh an t-soisgeil. Faodaidh an solus-dealain a bhì boillsgeadh air balla agus air ùrlar le soillse a dhallas ar sùilean, ach chan 'eil anns an dachaidh do nach aithne solus an t-soisgeil ach tìugh dhorchadas. Faodaidh am bothan a bhì beag, agus gun ann ach aon chruisgean dubh, ach ma tha am Biobull ann an urram agus a theagasg a riaghladh cridheachan a mhuinntir, tha solus anns an tìgh sin.

Is e am Biobull a shoillsicheas baile agus tìr cho math ris an dachaidh. Is ann rè an dorchadais a tha mort agus meirle agus droch ghnìomhachas an t-saoghail air an deanamh. Thigeadh gainne soluis air na bailtean móra agus cha chùim arm dearg an Rìgh na h-aingidh fo smachd.

Is mór olcas an t-saoghail agus dh'fheuch lighichean gun àireamh a chreuchdan a leigheas Chuir aon earbsa ann an sgoiltean, ag iarraidh sgoiltean fhosgladh agus gu'n dùnadh iad na prìosain. Tha fear eile ag ràdh, Thoir tuarasdal math do dhaoine, tighean anns a bheil comhfhurtachd, agus obair aotrum, agus brisidh tu cumhachd Shatain anns an t-saoghal.

Ach deanadh daoine na thogras iad chan aithne dhuinn ach aon lòchran a sgaoileas dorchadas a' pheacaidh, agus is e sin am Biobull, am Biobull anns a bheil soisgeul Iosa Criosd. Faiceadh an duine e féin 'n a pheacach agus tuigeadh e gur e Criosd am Fear-Saoraidh agus cha bhì e fada fo chumhachd an dorchadais. Ged tha aingidheachd ar dùthcha féin gràineil gu leòir tha ar bailtean naomh seach bailtean-móra nan cinneach aig nach 'eil eòlas air an t-soisgeul.

Is e am Biobull an lòchran air son malairt an t-saoghail. Tha móran am beachd nach 'eil

teagasg a' Bhiobuill freagarrach air son malairt agus tha am beachd mearachdach so a' buaircadh dhaoine agus a' toirt orra ceilg agus seòltachd a ghnàthachadh. Faodaidh soir-bheachadh a bhì aig luchd na ceilg car tacan, ach chan fhada a mhaireas an rath. Bha gille òg a' dol a mach do dhùthaich chéin far am bitheadh làimhseachadh mór aige agus fhuair e cuireadh o luchd-eòlais an coinneachadh ann an tìgh-cuirim oidhche no dhà mu'n robh aige ri seòladh. Bha seana mharsanta an làthair agus labhair e air a' mhodh so—"Cluinnidh thu daoine ag ràdh nach dean duine feum gun cheilg an diugh, ach tha toil agam comhairle a thoirt ort agus rabhadh a thoirt dhuit. Tha mise còrr agus dà fhichead bliadhna ri malairt, agus, mar is aithne dhuit, chaidh an saoghal gu math leam, ach cha d' thug mi an car á neach riamh. Bi dileas agus dichìollach ach na gabh cothrom eucorach air neach gu bràth." Rinn an seann duine so obair-là ann an solus a' Bhiobuill agus air teachd na h-oidhche rinn e suas a chunntais anns an t-solus cheudna. Na'n robh a sheòrsa lionmhor, bhiodh earbsa agus càirdeas am measg luchd-malairt nach 'eil ann.

Is e am Biobull lòchran na h-eaglais. Biodh a sholus a' dealradh ann an cridheachan an t-sluaigh agus bithidh slàinte spioradail aig a' cho-thional. Tha an eaglais mar thigh-eiridinn anns am bi an spiorad leòinte air a leigheas agus is e lòchran an fhocail a tha na lighichean a' tionndadh air gach trioblaid agus eucail. Lasaidh solus a' Bhiobuill a suas na frògan diomhair dorcha ann am beatha a' pheacaidh. Tha a theachdaireachd freagarrach anns gach suidheachadh, agus tha solus a lòchrain a' soillseachadh gach ceist a tha dorcha agus a' deanamh soilleir gach cùis a tha doilleir.

Tha aon ni eile a tha fillte suas ann an dorchadas as eugmhais lòchran an fhocail. Ann am beachd gach treubh agus cinneach tha am bàs agus dorchadas glé fhaisg air a chéile. Bithidh sinn a' labhairt air oidhche dhòrcha a' bhàis agus chan ann gun aobhar. Tha an inntinn nàdurra gun chobhair ann an làthair dorchadas na h-uaigne. Bha na h-Eiphitich a' lasadh choinnlean aig uaignean nam marbh agus daoine beartach a' cur air leth 'n an dileab airgid a chumadh solus laiste mu' n àite tàimh. Tha an lethsgheul ri ghabhail ach cìod e an lethsgheul a tha aig móran 'n ar linn féin a tha dùltadh an t-soluis a sgaoileas dorchadas a'

bhàis agus na h-uaigne. Tha teagasg a' Bhiobuill furasda a thuigsinn agus tha e a' sàsachadh iartais ar cridheachan. Tillidh a cholunn do'n ùir, agus tillidh an Spiorad do'n Spiorad o'n d' thàinig e. Thug Iosa Crìosd buaidh air an

uaign agus air a' bhàs, agus iadsan aig am bheil spiorad Chrìosd agus a tha a' bàsachadh annsan, theid iad troimh dhorchadas a' ghlinne chum na rìoghachd shiorruidh anns am bheil solus air nach tig smal.

Foirfeach Ionraic

LE AONGHUS MAC EANRUIG

AM foirfeach mu dheireadh air am bheil mi Ædol a thoirt iomradh anns na duilleagan so, is e Mr Iain Mac Còmghainn, a bhùineadh do Lathurna. Fhuair e cuid de ionnsachadh lighiche; ach, mu'n do chuir e crìoch air a chuid oilein, thionndaidh inntinn gu nithean eile agus shoeraich e sìos mar mhaighstir-sgoil sgìreachd an Aird-nam-murchann.

An Cille-chòmghainn, dlùth do Chaol Muile, chaith e an còrr de làithean, agus eadhon an uair a sguir e de theagasg cloinne, dh' fhuirich e far an robh e. Fhuair e aois fhada—gu math thairis air ceithir-fichead bliadhna—agus tha a chorp prìseil 'na laidhe ann an cladh Murchannach.

Bhùineadh e do Eaglais na h-Alba agus bha e dìleas dhith thar tomhais. Bha e 'na chléir-each - seisein ré fhicheadan bliadhna; agus, o'n bha e math air seinn, thàinig air a bhi 'na *phrecentor* agus an d'fhàs e tuilleadh is anfhann. Bha e 'na chuideachadh mór do na ministearan a bha anns an dùthaich ri 'lìnn. Lionadh e àite fir dhiubh aig tìodlacadh no leaba-thinnis, ach cha do ghabh e riamh cuid no pàirt an aoradh follaiseach ach a mhàin mar fhear-togail nan salm.

Bha e inntinneach, geur-chùiseach, ealamh gu gàire dheanamh ri ràbhart neach eile ach daonnan a' toirt an aire nach tigeadh feala-dhà gu droch oilean. Dh' fheumadh e bhi cinn-teach á ghrundd mu'm bruidhneadh e, ach cha robh e dùr no mì-shuairce—b' fhada bhuaith a ghabh e. B' ainneamh a thachair mi riamh air gun fhiamh a' ghàire a bhi 'gam fhàilteachadh, agus an uair a ghàireadh esan bha a ghnùis uile a' lasadh mar le coinneil òir. Chan fhaca mi ach ainneamh gnùis a b' aoiغهeala no bu ghrinne, mar a mheasar grinneas an aodann fir. Fhuair e thogail gu math oir bha a mhuinntir an deagh chothrom. Bha so ri fhaicinn 'na ghiùlan agus 'na chainnt, oir cha robh e sgàthach roimh uaislean agus cha robh e suarach mu chumantaich. Bha e fad os ceann an t-sluaigh choitcheann am modh 'san ionnsachadh, agus cha rachadh e leò ach ìre ghoirid mur biodh iad stuama an gnìomh 's an labhairt. Air an làimh eile, ged bu leis càir-deas is meas na muinntir inbhich, cha b' aithne dha sodal agus b'e a chliù nach do chuir e casaid air duine riamh.

Bha e àrd am pearsa, deas air a chasan agus

làidir an inntinn 's an colainn. Bha feum aige iomadh uair air an dà dheagh bhuaidh so. Leis gu'n robh e greis air aghaidh an eòlas agus an sgil na dotaireachd, bha e daonnan air a ghairm a mach an uair a bhiodh tinneas am measg an t-sluaigh. A bharrachd air Leth-thìr a' Chaisteil, far an robh e féin an còmhnuidh, bhiodh aige ri dol do'n Roinn, còig no sé mìle o a dhorus agus gu Leth-thìr Chill-Moire, o shé gu naoi mìle bhuaith. Is iomadh oidhche fhliuch, dhoinneach a choisich e na h-astair so air ais agus air aghaidh, oir, aig mòran de na chuireadh feum air, cha robh each no carbad a b' urrainn dhaibh a chur 'na thairgse. Bha dotair na sgìreachd fichead mìle air falbh, bha na h-uiread de'n t-sluaigh bochd 's cha b' urrainn dhaibh a phàigheadh 's cha robh an *telegraph* air tighinn do'n àite, no iomradh air. Bha muinighinn aig gach neach an Cowan (mar theirte ris), agus cha do dhiult e neach riamh a chuir fios air. Cha mhò a ghabh e duais no luach-peighinn air son a shaothrach no a chomhairle, agus bha aige gu tric ri cun-gaidh-leighis a thoirt seachad an asgaidh. Is gann gu'n d' fhairtlich air riamh cobhair air chor-eigin a dheanamh air luchd an tinnis na'n rachteadh air a thòir tràth gu leòir; agus b'e cainnt is creideamh gach neach do'm b' aithne e, mur deanadh esan an gnothach, nach robh mòran feum a bhi dol a shireadh an dotair shuidhichte.

Ach is ann air a spéis 's a sheirbhis do Eaglais na h-Alba a bu mhiann leam iomradh a dheanamh anns an leabhran so. B'e ar n-àrd fhoirfeach fad àireamh mhór bhliadhnachan, agus neach a bu fhearagarrache air son a dhreuchd bhiodh e anabarrach duilich fhaighinn, tuath no deas. Bha e eireachdail ri fhaicinn an crannaig a' *phrecentoir*, bha a chliù cho àrd 's nach gabhadh e cur an teagamh, agus bha a bhuidhan inntinn cho comasach is gu'n robh a chomhairle luachmhor an iomadh rathad a bharrachd air an sgil a bha aige mar fhear-leighis. Fad iomadh latha bha mi am beachd, is mi am bhalach beag, nach biodh an comanachadh air a fhrithealadh gu ceart an eaglais na sgìreachd mur biodh Cowan a' cur a mach nan salm agus a' riarachadh an arain agus an fhiona.

Tha còrr is da-fhichead bliadhna o'n thàinig am bàs air an duine ionraic ud.



Là Crùnaidh an Rìgh

Searmòin Comanachaidh

LEIS AN URRAMACH CALUM MACLEOID, M.A., EAGLAIS IAIN KNOX, AN GLASCHU

“Rachaibh a mach, a nigheannan Shìoin, agus faicibh Rìgh Solamh leis a’ chrùn leis an do chrùn a mhathair e air là a phòsaidh agus air là subhachais a chridhe.”—DAN SHOLAIMI, iii. 11.

FEUCH tha n’as mò na Solamh ann an so ! Bhà, agus thà, an eaglais ’ga faicinn fhein agus fear-a-gràidh anns an Dàn so. A nis, tha cuid de dhaoine ag cumail a mach—agus daoine foghlumte is glic cuideachd—gur h-e òran gaoil a bha an so an toiseach, òran a tha leigeil fhaicinn agus ag cur an céill an gaol grinn agus glan a thug fleasgach is maighdean do chach a chéile eadar an réiteach is am pòsadh, no faodaidh e bhi, tha iad ag radh, eadar càraid air ùr phòsadh, theagamh Solamh fhein agus nighean Phàraoh. Is dòcha gu bheil an Dàn ag co-fhreagairt ris an sin. Carson nach bitheadh ? Tha facal Dhe gu leir ag co-fhreagairt ri gach suidheachadh a dh’ ordaich e-fhein d’a chloinn. Co-dhiù, tha so fìor agus cinnteach, gu robh eaglais an t-Seann Tìomnaidh ’ga faicinn fhein agus a Tighearna ann an so agus iad an trom ghaol air a cheile ; agus bhà, agus thà, eaglais an Tìomnaidh Nuaidh ’ga faicinn fhein agus fear-a-gràidh an so. Tha rìgh na sìthe agus rìgh nan rìghrean againn an so.

Bha Solamh ainmeil is iomraiteach ’na latha is ’na linn, agus feadh gach linn o nuair sin, a thaobh a ghliocas is a throcair, agus a shaobhrais is a shìth—’se sìth a tha an ainm Solamh ag ciallachadh. Ach tha n’as mò na Solamh an so. Tha Rìgh is Prionnsa na sìthe againn an so ’san Dàn—an Tì tha coimhlionta an gliocas, iomlan an tròcair, do-rannsaichte ’na shaoibhreas, agus sìorruidh ’na shìth. Rachaibh a mach, matà, ’sa spiorad, agus faicibh rìgh na sìthe, rìgh ar sìthe-ne.

Bha rìgh Solamh iomraiteach ’na chuamhachd is ’na uachdaranachd, ach càit a’ bheil iad an diugh ? Ach an Rìgh so, rìgh nan rìghrean, tha a chuamhachd agus uachdaranachd o linn gu linn, agus buan-mhaireannach am feasd.

R’a linn-san bi na fìreanach
gu h-ùr a fàs fo bhlàth ;
’S am feadh a bhios a’ ghealach ann
bidh sìochaint pailt a ghnàth.

Bidh uachdaranachd aige mar an ceudn’
o thuinn gu tuinn gu sìor,
Is ruigidh sud o’n abhainn mhòir
gu iomall crìch gach tìr.

Feuch tha n’as mò na Solamh ann an so.

Agus tha barrachd air nigheannan Shìoin ann

an so cuideachd. Tha againn ’san Dàn sluagh Dhe anns gach linn agus anns gach àite—iad-san a ghràdhaich an Rìgh agus a ghràdhaicheas e ; gach aon a thug gaol dha agus as urrainn a radh ann an spiorad agus ann am fìrinn : “ Is leam-sa fear mo ghràidh agus is leis-san mise.” Rachaibh a mach, matà, a nigheannan Shìoin, sibhse a shluagh Dhé, agus faicibh an Rìgh.

’Se là àraidh a bha ànn, là pòsaidh is crùnaidh an rìgh. Là sonruichte agus air leth mar a tha againn an diugh air là Comanachaidh. ’Se là Comanachaidh, là anns am beil sinn a dol a mach gu beinn an ordugh los gu faic sinn an Rìgh agus e gu bhì air a chrùnadh is air a phòsadh. Air an là an diugh—là comanachaidh—tha sinn ag cur a’ chrùin air a cheann mar Rìgh is mar Shlànùighear, agus tha e air a phòsadh ruinn gu follaiseach. Rachaidh sinn a mach matà, ann an spiorad is an creideamh gus am faic sinn an Rìgh ’na ghloir is ’na mhaise aig a bhord fhein air là a chrùnaidh is a phòsaidh agus air là subhachais a chridhe.

Ann a bhì beachdachadh, ma tha, a chairdean, air an earrainn phrìseil-sa aig an àm shòluimte so, tha againn innte an toiseach.

1. *Aithne agus cuireadh.*

Rachaibh a mach. Fhaic thu, tha cothrom iomachd, agus farsuingeachd is saorsa a muigh, agus gu h-àraidh a muigh air a’ bheinn. Tha saorsa aca-san a dh’ fhag prìosan is cuinge is dorchadas a’ pheacaidh is an namhaid, agus a ghabh ris a’ chuireadh, agus a thug ùmhlachd do’n àithne aige-san. Agus cuimhnich gu’n d’ thainig e-fhein air an tòir, gu’n rainig e iad far an robh iad ’nam bochdaim is ’nam prìosan ; gu’n ghabh e air fhein an laigse agus an anfhainneachd ; agus ma ghabhas iad ri a chuireadh, agus ma dh’ éisdeas iad ri ’àithne, bheir e dhaibh neart is spionnadh gu dol a mach maille ris fhein ; togaidh e eadhon leis iad, gus am faic iad an Rìgh ’na mhaise is ’na mhòralachd. Tha saorsa a muigh maille ri Crìosd, mar is maith a tha fhios aig cuid againn an diugh.

Rud eile. Gheibh iad beatha is fallaineachd anns an fharsuingeachd comhla ris-san. Tha nigheannan Shìoin eòlach air an so ; tha a shluagh fhein fiosrach air an bheatha so, beatha

nuadh agus naomh ann-san. Bha iad marbh ann an cuinge a' bhàis, agus ann an éuceartan a' pheacaidh, ach thainig fear-an-gràidh leis an àithne is leis a' chuireadh agus thubhairt e riù: Rachaibh a mach far a' bheil beatha is fallaineachd gus am faic sibh an Rìgh.

Do bheatha fòs o grios a bhàis,
'se dh' fhuaglas dhuit gu pailt ;
'Se chrùnas thu le coron gràidh,
's le tròcair chaomh gun aiar.

Tha solus is sealladh a muigh far a' bheil esan cuideachd. Is e-fhein an solus, agus 'na sholusan chi sinne solus, agus sealladh air a ghlàir is air a mhaise, agus air rioghachd nan gràs 's an t-solus. Tha mar sin fad-shealladh air neamh agus air thalamh maille ris-san air là a chrùnaidh is a phòsaidh—air là comanachaidh. Tha e toirt cuiridh dhuinn, ma tha, a thighinn agus e-fhein fhaicinn, an Rìgh 'na mhaise.

“O blaisibh agus faicibh so,
gur maith is gur milis Dia.”

Tha sinn, a chairdean, a thighinn agus ag coimhionadh na h-àithne agus a' freagairt a chuiridh. “Deanamh so mar chuimhneachan orm-sa.” Rachaibh a mach, a nigheannan Shìoin, agus faicibh Rìgh Solamh leis an chrùn leis an do chrùn a mhathair e, air là a phòsaidh air là subhachais a chridhe.”

Agus cuimhnich air an so cuideachd, gur h-ann a mach a bhios daoine a dol an ceann cosnaidh. Nuair a tha duine air a chuingealachadh a stigh, co-dhiù is e tinneas no laigse no ni 'sam bith eile a tha deanamh sin, cha dean e moran feum dha fhein no do dhaoine eile. Is ann a muigh a ni e saothair is cosnadh. Cha dean thu, a charaid, moran cosnaidh chum thu fhein agus muinntir eile a bheathachadh gu spioradail ma tha thu fhathast air do chuingealachadh aig a' pheacadh is aig an nàmhaid.

“A prìosan m'anam buin a mach,
t' ainm-sa gu molar leam :
Is iadhaidh umam fireanna,
oir ni thu pailteas rium.”

Ach an uair a tha slàinte is saorsa is comas aig neach, theid e a mach gu' obair is gu' chosnadh, agus an uair sin ni e feum dha-fhein agus do mhuinntir eile. Rinn an Slanighhear bean-naichte so, matà, do gach neach a ghabh ri 'chuireadh is ri 'àithne, thug e comas dhaibh cosnadh a dheanamh dhaibh-fhein agus do dhaoine eile. 'S e daoine feumail a th' anntasan a ghabh ri chuireadh-san agus a tha toirt ùmhachd d' a àithne ; ach is e duine gun fheum duine gun Chrìosd. Tha moran an diugh ag gearain nach fhaigh iad meadhon cosnaidh, agus gu h-àraidh 'n ar measg-ne 'sa' bhaile-mhòr. Ach, a charaid, chan 'eil sin ri radh, a thaobh nithean spioradail, aig neach a ghabh ri Chrìosd. Tha esan a' tabhairt meadhon cosnaidh do ar n-anam, agus an deagh thuarasdal is fìor luach

ar saothrach, mar is maith tha fhios aig a phobull fhein. Rinn e comasach is iasgaidh iad gu obair a dheanamh 'na fhion-lios fhein, agus cha phàighhear dheth an sin iad. Tha meadhon cosnaidh an sin aca fad am beatha.

Rachaibh a mach. Tha ni eile a muigh. Is ann am muigh a tha cruadal is cathachadh. Seall air na h-abstoil, an cruadal a thachair ri-usan. Nan robh Saul air fuireach 'na fhear-teagas ann an Tarsus shaoileadh tu nach robh idir uibhir de chruadal air tachairt ris. Antà, is e gu'n deach e a mach, a rinn abstol is duine-mòr dheth. Chunnaic e an Rìgh 'na ghlàir is 'na chuamhachd. “Chòmhraig mi,” ars' esan, “an deagh chòmhrag, chrìochnaich mi mo thuras, ghleidh mi an creideamh ; o so suas tha air a thasgadh fa m' chomhair, crùn fireantachd, a bheir an Tighearna am briteamh cothromach dhomh 's an là ud ; agus chan ann dhomh-sa a mhàin, ach dhaibh-san uile mar an ceudna, leis an ionmhuinn a theachd-san.” Seadh agus seall air na naoimh anns gach linn, an cruadal is an cathachadh a bha aca-san, seach gu'n deach iad a mach a' leantuin Chrìosd. Ach rinn sin daoine mòra agus maiseach dhiubh. Is maith a b' fhiach an cruadal na fhuair iad troimhe. Agus ni e an dearbh ni dhuinne. Rachaibh a mach agus faicibh an Rìgh 's a' chruadal—a' fulang air a' chran air do shon.

Seallamaid a nis air

2. A' Chuirm.

A nise, 's an t-seann aimsir ud, nuair a bha na briathran so air an labhairt an toiseach, bha e 'na chleachdadh aca bhi crùnadh neach air son ioma ni agus air son ioma aobhair.

(a) Aig àm cogaidh, nuair a thilleadh an luchd-airm dhachaidh an deidh a' chogaidh, bha e 'na chleachdadh aig maithean is luchd-riaghlaidh na dùthcha cuirm mhòr a chumail los urram a chur air ard-cheannard nan saighdearan a sheas anns na blàir agus a thug buaidh air na naimhdean. Aig a chuirm agus an fhearas-chuideachd a bha an so, an ceanna-bhaile na rioghachd, bha an ard-cheannard a choisinn a bhuidh, air a chrùnadh mar an t-urram bu mhò a b' urrainn an rioghachd a chur air. Bha an t-urram is an inbh a b' airde 's an rioghachd aige 's an àm. Cha robh cearnaidh de'n dùthaich as nach robh ar is isosal ag cruinneachadh gus am faiceadh iad an ceannard air a chrùnadh le crùn nam buadh.

Agus a chairdean, 'se Rìgh nan gràs againne ceannard ard nam buadh ; thug esan buaidh air an nàmhaid agus air a' pheacadh ; chuir e an cath uamhasach air ar son-ne agus 'n ar n-àite-ne ; agus tha e air a chrùnadh le Dia agus leis an Spiorad naomh agus le ainglean agus le a shluagh fhein, mar ard-cheannard nam buadh. Air an là an diugh, là comanachaidh,

là na cuirme mòire, tha sinn ag cur a' chrùn air a cheann, le bhì deanamh so mar chuimhneachan air-san. So là greadhnachais is aobhneis, là crùnaidh ceannard nam buadh. Rachamaid a mach an dràsda tre chreideamh agus chi sinn esan a thug buaidh, air a chrùnadh.

(b) Bha cleachdadh eile aig daoine 's an là bh' ann. Bhitheadh iad ag cumail mòid airson comhstri is fearas-chuideachd is co-fharpuisean. Aig amannan àraidh bha am mòr shluagh a' tional a chum greadhnachais is gill is co-fharpuisean. Bhiodh réis aca agus gleac agus ioma fearachas de an t-seòrsa sin; agus bha am fear a bheireadh buaidh anns na deuchainnean a bha an so air a chrùnadh le crùn na buadhach. B' esan sàr ghaisgeach na rioghachd 'san àm. Bha bhì ruith réis air a' mheas mar an deuchainn bu mhò agus a' cho-fharpuis bu mheasaile dhiubh uile; agus an déidh do neach an réis a ruith gu ceart is gu cothromach agus a' bhuaidh a chosnadh bha e air a chrùnadh le mòr urram—le crùn na buadhach.

Tha Aon àm, matà, a chairdean, a ruith an réis dhuinne gu ceart is gu fìrinneach, agus a choisinn a' bhuaidh—esan as gaisgeach agus as Rìgh, an t-aon neach a riamh a ruith réis na beatha so, gu ceart is gu fìor, agus sin air ar son-ne—an Tighearna Iosa. Crùnamaid e, ma tha, an so an diugh le crùn nam buadh. Nach sona dhuinne a bhì so aig a' chuirme, agus cothrom againn a bhì ag cur a' chrùn air a' cheann ghlòrmhor le bhì togail fianuis air a' thaobh, agus le bhì deanamh so mar chuimhneachan air-san.

(c) Bha, a ris, cleachdadh 's an latha ud mar a tha 'n ar latha fhein, air a' bhì crùnadh an rìgh nuair a bha e tighinn a steach air an rioghachd agus a gabhail seilbh innte. Agus is e là mòr a bha ann an là crùnaidh an rìgh. Fhaic thu, air a crùnaidh an rìgh againn fhein tha maithean is ard-uaislean na rioghachd air an gairm as gach cearnaidh de'n dùthaich gus am faic iad an rìgh air a chrùnadh. Agus is e là mòr agus là greadhnachais da rìreadh, a tha ann an là crùnaidh rìgh Bhreatainn. Is e an t-urram as mò agus an inbh as airde a bhì lathair an eaglais mhòr Lunnainn agus a bhì faicinn an rìgh air a chrùnadh. Tha iad ann, a bheireadh na mìltean airson a bhì làthair. Agus nuair a tha Rìgh nan rìghrean air a chrùnadh tha Dia a' toirt àithne is cuireadh—buidheachas dha air a shon—do mhaithéan a rioghachd fhéin iad a thighinn agus an Rìgh fhaicinn air a chrùnadh, agus lamh a bhì aca ann. So, a bhana-charaid, là crùnaidh an Rìgh, là comanachaidh, oir is ann le bhàs air a' chrann a ghabh e seilbh air an rioghachd agus a fhuair e còir air a phobull fhein. Faicibh an Rìgh air a chrùnadh 'n ar measan a diugh. Is sona dhuibh-se

a fhuair an àithne agus a ghabh ris a' chuireadh gu crùnadh an Rìgh an so an diugh.

3. *Seall a nis air a' Chrùn fhein.*

Is e an crùn an t-aon nì as urramaiche tha 'san rioghachd againn, no an rioghachd 'sam bithne eile. Tha an t-òr as glaine, agus na leúgan as luachmhoire, 'sa' chrùn. O chionn aireamh mhaith bhliadhnan air ais fhuair eadh an Africa, an neamhnaid bu mhò agus bu luachmhoire a chunnacas a riamh air thalamb, agus smaoinich luchd-riaghlaidh Africa aig an àm nach robh àite eile bu mhò an airidh air a leithid so de neamhnaid na crùn an rìgh aca—rìgh Bhreatainn. Thug iad i mar sin mar thiodhlac do 'n rìgh, agus tha i a nis an crùn Bhreatainn. Tha an crùn maiseach agus luachmhor da rìreadh, tha e 'na shamhla air urram is cuamhachd is glòir na rioghachd.

Ann an latha Chrombhail bha crùn Alba againn ann am fìor chunnart. Leagh Crombhail sios crùn Shasuinn agus rinn e cùineadh dheth agus e gann de dh'òr. Chuala maithean na h-Alba so, agus dh'innseadh dhaibh gu robh làn duil aige an nì ceudna a dheanamh air a' chrùn againne; agus e a nis air a shlighe le chuid shaighdeirean los pàrlamaid na h-Alba thoirt fo chùis mar a rinn e air pàrlamaid Shasuinn. Ach is e rinn maithean na h-Alba, agus crùn na rioghachd cho mìrreanach is cho measail aca, thug iad air falbh gu falachaidh a Dun-eideann e-fhein agus slat-shuaicheantais na rioghachd agus claidheamh na stàit—"Urram na h-Alba," mar a theireadh ar n-atraichean rù—agus chuir iad do 'n chaisteal bu làidire 'san rioghachd aig an àm iad, do chaisteal Dhun-Otair. Nuair a rainig Crombhail agus a chuid shaighdeirean Dun-eideann cha robh lorg air "Urram na h-Alba," ach fhuair e sgeul gu robh iad an Caisteal Dhun-Otair, agus cha b' fhada gus an robh e le luchd-airm ag cuairteachadh is a teamachadh a' chaisteal an dùil ri thoirt a mach. Bha an caisteal daingean agus làidir, ach cha robh fhios dé thrachradh, agus is ann a chuir bean uachdarain a' chaisteil roimpe ge b'e dé thachradh gu feumait "Urram na h-Alba" a ghleidheadh sàbhailte. Bha bean ministèir Chinn-éabh a tha fagus do 'n chaisteal 'na dlùth bhana-charaid dhith agus thug na saighdeirean cead do bhean a' mhinistèir a dhol a steach do 'n chaisteal a thaghal air a bana-charaid. 'S ann a chuir na mnathan tréun rompa an làrach nam bonn gu 'n tugadh bean a' mhinistèir leatha, gun fhios do uachdaran a chaisteil, "Urram na h-Alba" falaichte fo a cuid aodaich, agus an achlasan linn a thug i mach gus a shnìomh d'a bana-charaid bean a' chòirneil. Gus nach robh air thalamh na chuireadh lamh orra, thiodhlaic i-fhein agus am ministear iad, an oidheche sin, aig bonn na cùbaid

'san eaglais, agus bha iad sàbhailte an sin gus na dh' fhag Crombhail agus a chuid shaighdeirean Alba. Chi thu an diugh an crùn so agus an t-slat-shuaicheantas agus an claidheamh—"Urram na h-Alba"—ann an caisteal mòr Dhun-eideann.

De, a chairdean, nach dean daoine a dhion a' chrùn agus gur h-e urram na rioghachd e. Rachaibh a mach agus faicibh Rìgh na glòire leis a' chrùn leis an do chrùn an spiorad naomh e—urram rioghachd Dhe air a cheann.

Is ioma oidhirp a thug an nàmhaid air greim fhaighinn air a' chrùn so, ach dh' fholaic esan e aig bonn a' chroinn chéusaidh, far nach ruigeadh nàmhaid no peacadh no ifrinn air. Agus 'sa' chrùn so tha an t-òr as luachmhoire, agus na neamhnaidean is na léugan as priseile—na neamhnaidean sin nach 'eil ri am faotainn ach an cridhe Dhe fhein; coibhneas-gràidh, caomh thròcairean, iobairt choimhlionta. So an crùn, a chairdean, as fhiach fhaicinn. Rachaibh a mach agus faicibh an Rìgh leis a' chrùn so. So là crùnaidh an Rìgh, là comanachaidh, là gairdeachais is aoibhneis spioradail.

Creideamh agus Teagasg na h-Eaglais

AN uiridh, air chomhairle Cléirean na h-Eaglais, dh' iarr an t-Ard-Sheanadh air buidheam de mhinistearan agus de fhoirbhich a bha air an cur air leth air son a' ghnòthuich, gearr-chunntas air Creideamh agus Teagasg na h-Eaglais a chur air paipear, a bhiodh freagarrach a bhi air a chur an làmhnan chreidmheach òga agus dhaoine eile, gus an seòladh agus an cuideachadh a thaobh na beatha dhiadhaidh. Is e so, ma ta, an gearr-chunntas air Creideamh agus Teagasg na h-Eaglais a tha nis air ullachadh, gearr-chunntas a bha cheana air beulaibh nan Cléirean, agus a bhios air gabhail ris leis an Ard-Sheanadh, ma's e toil an Ard-Sheanaidh sin a dheanamh.

AN ROIMH-RÀDH.

Firinn Dhe, Soisgeul a ghràidh naomh, a bha air a dheanamh aithnichte ann an Iosa Crìosd,—sin Creideamh na h-Eaglais. Tha fàidhean agus abstoil a' toirt fianuis do'n Fhìrinn so anns na Sgrìoburan; tha i air a cur an cèill an Creudan na h-Eaglais Choit-chinn; agus bho linn gu linn bha i air a gleidheadh anns an Eaglais agus air a dearbhadh ann am fiosrachadh chreidmheach. Do bhrìgh gu bheil an Fhìrinn so air a toirt dhuinn le Dia mar fhoillseachadh air a nàdur agus air a rùintean, tha a dearbhadh agus a h-ùghdarras innte féin, is tha i air a deanamh aithnichte do chreideamh, agus do chreideamh a mhàin, tre fhianuis an Spioraid Naomh.

4. Rud eile. Is e cuirm phòsaidh a tha so cuid-eachd.

Is ann le a bhàs air a chrann—là a chrùnaidh—a phòs e a phobull ris fhein, a shaor e iad, agus a fhuair e làn chòir orra agus iadsan air-san. 'Se banais a tha 'sa' chuirn so; agus esan a deanamh gairdeachas am bean-na-bainnse agus ise ann-san. Bha e 'na chleachdadh 'san latha ud cuideachd a bhi cur crùn air ceann fear-na-bainnse. Buinidh an crùn so do'n Aon ghràdhach mar an ceudna—air a cheann-san tha ioma crùn—agus an diugh, là comanachaidh, tha sinn ag crùnadh fear-ar-gràidh, am fear-nuadh-pòsda, air là a shubhachais is aoibhneis a chridhe.

Agus chan e bean-na-bainnse—a shluagh fhein—as lugha subhachais an diugh, air là comanachaidh. Theid sinn mar sin chun Bhuird agus chi sinn an Rìgh air a chrùnadh leis a' chrùn leis an do chrùnadh e air là a phòsaidh agus air là subhachais a chridhe.

So fein an là dh' ordaich Dia
'sam bìdh sinn suilbhir aig;
Fòir guidheam, guidheam, ort a Dhe
nis soirbhich leinn gu pailt.

Tha an Eaglais ag aideachadh a' Bhiobuill mar leabhar anns a bheil Facal Dhe, eachdraidh agus fianuis an fhoillseachaidh a rinn E air féin aig iomadh àm agus an iomadh dòigh. Cha chuir an Eaglais cùl ri rud air bith a chuidicheas leatha am Biobull a thuigsinn na's fheàrr, co dhiu a thig e bho sgoilearan-chànainean, no bho luchd-ealdhain, no bho luchd-eachdraidh. Chan 'eil ùghdarras a' Bhiobuill am freasdal ri e bhi saor bho nithean ris an abradh luchd-ealdhain no luchd-eachdraidh mearachdan, ach ri cumhachd na firinn a tha e a' deanamh cinnteach do dhaoine leis an Spiorad Naomh.

Tha an Eaglais ag aideachadh gu bheil e ceart agus iomchuidh gu'm biodh luchd-ealdhain a' rannsachadh oibricean a' chruthachaidh agus eachdraidh an t-saoghail, agus gur còir dhi gabhail ri eòlas ùr. Ach chan atharraich an rannsachadh no an t-eòlas sin Creideamh na h-Eaglais, oir is e an Creideamh sin firinn Dhe air a foillseachadh ann an Iosa Crìosd. Buinidh e do'n Eaglais mar a còir dhligheach suim is brìgh a Creidimh a chur sìos fo chinn-theagaisg, no ann an Creud, no ann an Aidmheil, ma chi i sin feumail, ach tha e mar fhiachaidh oirre daonnan seasamh air na Sgrìoburan gu dìleas agus air fianuis na h-Eaglais Choit-chinn. Chan fhaodar Aidmheil na h-Eaglais a ghabhail mar fhìrinn Dhe, no co-ionann rithe, oir tha firinn Dhe os cionn smuaintean dhaoine agus na's motha

na gu'n gabh i bhi air i cur sìos 'na h-iomlanachd am briathran daonda, agus is ann anns an fhìrinn sin féin a tha ùghdarras na Diadhachd is chan ann anns na briathran anns a bheil i air a h-aideachadh.

I. Dia

Tha aon Dia ann, sìorruidh agus uile-chumhachdach, a chruthaich agus a tha cumail suas nan uile nithean; Athair nan uile dhaoine, an t-aon Fhear-rìghlaidh agus Breitheamh an t-saoghail; uile naomh, ceart, glic, gràdhach, aig am bi a' bhuaidh mu dheireadh thairis air gach uile olc, a réir a rùin ghlòrmhor.

II. An Tighearn Iosa Crìosd

Ghràdhaich Dia an saoghal cho mór 's gu'n d' thug E 'aona Mhac gu bhi 'n a Shlànuighear a' chinne-daonna, Neach a b' e fìor Mhac Dhe ach a bha air a dheanamh 'n a dhuine ann an Iosa Crìosd air ar son-ne agus gu bhi 'g ar saoradh. An ùmhlachd iomlan do thoil Dhe agus an gràdh do dhaoine chaith E a bheatha air thalamh is bhàsaich e air son ar peacaidhean-ne; le cumhachd Dhe bha E air a thogail o na marbhaibh, is tha E nis air àrdachadh gu bhi 'n a Thighearn os cionn nan uile. Tha e beò gu sìorruidh a' deanamh eadarghuidhe air ar son-ne, agus aig deireadh an t-saoghail thig E gu bhi 'n a Bhreitheamh air na beòthaibh agus air na marbhaibh.

Dh' fhoillsich an Tighearn Iosa Crìosd an t-Athair gu h-iomlan, agus is E an t-aon Eadar-mheadhonair eadar Dia agus an duine. Ann-san, an Mac a bha air a dheanamh 'n a fheòil, a dh' fhuiling air son peacaidhean dhaoine agus a ghiùlain an doilghiosan, tha Dia a' labhairt ri clann nan daoine, 'g an gairm gu aithreachas agus creideamh, agus a' tairginn dhaibh maitheanas agus beatha shìorruidh.

Le creideamh tha Eaglais nan uile linntean 'g a aideachadh mar Thighearn, agus a' deanamh aoraidh dha maille ris an Athair.

III. An Spiorad Naomh

Is e an Spiorad Naomh Tighearn agus Fear-tabhairt Beatha: leis an Spiorad Naomh tha Dia a' sìreadh gun sgar daoine a chosnadh dha Féin tre Iosa Crìosd, chum 's gu'n aidich iad am peacadh, gu'n gabh iad ri mhaitheanas gràs-mhor, agus gu'm bi iad air an deanamh 'n an cloinn do Dhia agus 'n an oighreachan air a' bheatha mhaireannaich. Tha Dia a' toirt a Spioraid do na h-uile a thig 'g a ionnsaigh tre Iosa Crìosd, chum agus gu bheil co-chomunn aca ris 'n a Fhacal, an Ùrnuigh, agus anns na Sàcramaidean, ann an co-chomunn na h-Eaglais. Leis an Spiorad ceudna tha gràs air a thoirt dhaibh leis am faigh iad buaidh air peacadh, leis am fàs iad ann an

coslas Chrìosd, agus leis an saothraich iad air son teachd a rìoghachd anns an t-saoghal.

IV. An Trianaid Naomh

Do bhrìgh gu bheil eòlas aig an Eaglais air Dia tre Iosa Crìosd a Mhac, agus tre oibreachadh a Spioraid ann am beatha chreidmheach, tha i ag aideachadh agus a' deanamh aoraidh do aon Dia—an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh.

V. Taisbeanadh agus na Sgrìobturan Naomha

Tha Dia air a dheanamh aithnichte do dhaoine anns an Fhoillseachadh a rinn e air Féin, air do'n Fhoillseachadh sin a bhi air gabhail ris le creideamh. Dh' fhoillsich Dia e féin an obair a' chruthachaidh, an coguis mhic an duine, agus ann an eachdraidh a' chinne-daonna, air chor agus nach d' fhàg E E-féin gun fhianuis ann an rìoghachd air bith riamh. Tha Sgrìobturan an t-Seann Tiomnaidh agus an Tiomnaidh Nuaidh, a tha air an deachdadh, a' cur an céill Facal Dhe agus ag innseadh mu oibreachadh an rùin ghràs-mhor a bha aige agus an saoghal a shaoradh, rùn a bha air a choimhlionadh ann an Iosa Crìosd. Tha na Sgrìobturan air an toirt dhuinn chum agus gu'n tuigeamaid rùintean agus slighean Dhe, chum gu'm bitheamaid beò ann an réite ris agus ann an ùmhlachd a thoile. Tha iad a' toirt fianuis gu'n d' fhoillsich an Dia sìorruidh agus naomh E féin gu h-iomlan ann an Crìosd, anns a bheil daoine air an toirt aghaidh ri aghaidh ris an Athair. Tha an Spiorad Naomh a' toirt fianuis ann an cridheachan chreidmheach gur fìrinn na Sgrìobturan, agus leis na Sgrìobturan tha an Spiorad ceudna a' labhairt ris an Eaglais, a tha ag aideachadh gu bheil iad a' foillseachadh inntinn agus toil Dhe do gach gineal, agus a' gabhail riu mar àrd-riaghailt a creidimh agus a beatha.

VI. An Cruthachadh agus Freasdal Dhe

Tha Dia a' cruthachadh nan uile nithean le facal a chumhachd. Tha e os cionn 'oibrichean uile agus annta uile; le a chumhachd mar Chruithear tha e 'g an cumail am bith, agus a' stiùradh an cursa.

'Na ghliocas do-rannsaichte tha Dia a' riaghladh nan uile nithean agus ag oibreachadh air a lethidh de dhòigh 's gu bheil gach ni a thachras a' cuideachadh le a rùintean glic agus maith; tha gach neach air thalamh air an gleidheadh 'n a làmhan coibhneil, naomh, agus cha diobair e gu bràth obair a làmhan féin.

VII. An duine agus Peacadh

Chruthaich Dia an duine 'n a iomhaigh féin, chum ùmhlachd a thoirt d'a thoil agus co-chomunn a bhi aige ris, is thug e dha saorsa

agus roghainn; ach leis a' pheacadh tha an duine air a dhealachadh o Dhia.

Is e eas-ùmhlachd do lagh Dhe a tha anns a' pheacadh, lagh a ghràidh, no dearmad air an lagh sin a choimhead, is tha e a' toirt a' pheacaich fo dhiteadh Dhe. Is rud diomhair e gu bheil peacadh ann an cruthachadh Dhe, oir tha am peacadh an aghaidh a thoile.

Leis gu bheil e peacach agus gu'n do roghnaich e ole tha an duine neo-chomasach air an rùn a bha aig Dia 's an t-sealladh an uair a chruthaich E e a choimhlionadh, mur faigh e maithneas o Dhia agus a chòmhnadh éifeachdach ann an Crìosd.

Tha fìor nàdur an duine agus a chrannchur siorruidh air an toirt am follais ann an Iosa Crìosd ar Tighearna.

VIII. Saorsa ann an Crìosd

Is gràdh Dia; tha Dia a' sireadh na h-uile dhaoine a chosnadh dha Féin, chum 's gu'm bi réite agus co-chomunn gun bhriseadh eadar iad agus E Féin. Ach leis a' pheacadh thionndaidh daoine air falbh bho Dhia agus chan 'eil iarraidh bheò aca air co-chomunn a bhi aca ris, ach ann an Iosa Crìosd ghabh Dia air Féin daoine a shaoradh le am peacadh a mhaitheadh dhaibh gu saor agus réite a dheanamh dhaibh ris Féin.

Dh' oibrich Mac siorruidh Dhe an t-saorsa so le nàdur an duine a ghabhail air Féin, air a bhuaireadh 's na h-uile nithibh air an dòigh cheudna ruinne ach as eugmhais peacaidh, agus 'g a thairgsinn féin gu toileach air son peacaidh air a' Chrann-cheusaidh. Le sin a dheanamh nochd e gràinealachd eagallach a' pheacaidh, thug e fianuis gu robh am peacadh air a dhiteadh, agus dhearbh e a ghràdh neo-chrìochnach ann a bhi cur peacaidh air cùl le e féin iobradh. Le a bhàs agus le 'aiseirigh tàirngidh e na h-uile dhaoine 'g a ionnsaigh.

Tha Iosa Crìosd, ar n-urraim bheò air maithneas Dhe, a' briseadh cumhachd a' pheacaidh ann-san a tha creidsinn; le a ghràs tha iad air an tarruing na's mò agus na's mò gu gaol a bhi aca air na nithean a tha Esan a' gràdhachadh, agus gu bhi ag iarraidh a thoil a dheanamh.

IX. An eaglais agus a' Mhinistrealachd

Is e toil Dhe (air fhoillseachadh anns na Sgrìobhturan) gu'n tigeadh daoine tre Iosa Crìosd gu bhi ann an co-chomunn ris Féin, agus ann an co-chomunn r'a chèile trid-san. Tha an co-chomunn so ri fhaotainn anns an Eaglais Choitchin, a tha gabhail a steach nan uile dhaoine, agus an clann maille riu, a tha ag aideachadh Crìosd agus ag aideachadh ùmhlachd a thoirt dha.

Is e an Tighearn Iosa Crìosd, agus Esan

a mhàin, Ceann na h-Eaglais; is e an Eaglais a Chorp, agus d'a thoil-san a mhàin tha i fo smachd.

Tha iomadh meur de'n eaglais anns an t-saoghal, dealaichte bho chèile le iomadh aobhar agus cleachdadh, ach chan urrainn daoine crìochan na h-eaglais fhìor a shuidheachadh no chomharrachadh; buinidh sin do'n Tighearn a mhàin.

Is e a' ghairm a thug Dia do'n Eaglais fianuis a thogail gu h-aobhneach air taobh a Tighearn, aoradh a dheanamh do Dhia 'n a ainm, a buill a stéidheachadh ann an creideamh agus ann am fireantachd, an soisgeul a shearmonachadh gu iomallaibh na talmhainn, seirbhis a dheanamh d'a rioghachd ann an gràdh, agus faire a dheanamh le h-ùrnuigh air son a theachd.

Dh' earb an Tighearn ris an Eaglais agus chuir e air a cùram na tiodhlacan a tha 'n a Fhacal agus na Sacramaidean. Anns an Eaglais tha searmonachadh an Fhacail agus frithealadh nan Sacramaidean air earbsadh riu-san a tha air an gairm gu dligheach agus air an coisrigedh gu dreuchd na ministrealachd.

X. Na Sacramaidean

Is e Sacramaidean an Tiomnaidh Nuaidh a bha air an cur air chois le Crìosd, Baisteadh agus Suipear an Tighearn. Bha na Sacramaidean sin air an toirt do'n Eaglais mar urraim agus mar chomharran air gràdh-saoraidh Dhe, mar mheadhon leis a bheil E a' comh-phàirteachadh a ghràis ri shluagh, agus mar òrduighean leis a bheil an Eaglais ag aideachadh a Tighearn agus air a comharrachadh bho'n t-saoghal. Is ann tre chreideamh a gheibhear na tiodhlacan spioradail a tha anns na sacramaidean, is leis na sacramaidean tha creideamh air a neartachadh agus air a dhaingneachadh.

Ann am Baisteadh le uisge, an ainm an Athar agus a Mhic agus an Spioraid Naoimh, tha toil ghràsmhor Dhe, glanadh a dheanamh o'n pheacadh agus beatha nuadh a chomh-phàirteachadh, air a shamhlachadh, agus air a dhaingneachadh, agus air a chur ris na creidmich agus r' an cloinn, a réir a gheallaidh. Is e Baisteadh am Meadhon follaiseach leis a bheil daoine air an gabhail a steach do'n Eaglais.

Ann an Suipear an Tighearn no anns a' Chomanachadh, tha aran agus fion air an tabhairt agus air an gabhail mar chuimhneachan taingeil air Crìosd agus air 'iobairt air a' Chrann-cheusaidh, ann an creideamh gu bheil e a làthair 'n a fhìor dhiadhachd, agus ann an dòchas a theachd an glòir. Tha an iobairt a thairg Crìosd dheth féin, agus 'uile tiodhlacan air an samhlachadh, agus air an

seulachadh, agus air an cur ri creidmhiach air a leithid de dhòigh 's gu bheil co-chomunn aca ri Crìosd agus ri uile naoimh Dhe.

XI. Aithreachas agus Creideamh

Tha na h-uile a chluinneas an soisgeul air an gairm gu aithreachas a dheanamh agus gu creideamh. An uair a tha aithreachas agus creideamh air an dùsgadh an cridheachan chreidmheach le Facal Dhe agus leis an Spiorad Naomh tha iad ag aontachadh ri breith agus ri dìteadh Dhe mar pheacaich, agus a' gabhail ri tiodhlac na saorsa a tha air a tairgsinn ann an Crìosd. Ann an aithreachas tha iad a' tionndadh o'n pheacadh gu Dia le nàire agus le bròn diadhaidh, agus le làn rùn ùmhlachd a thoirt d'a thoil; le creideamh tha mothachadh ceart aca air tròcair Dhe ann an Crìosd, agus tha iad ag earbsadh as. Chan ann air bhonn an oibrichean maithe féin no an naomhachd féin ach le creideamh aithreachail a mhàin a tha iad air gabhail riu mar mbic Dhe, a' faotainn sìth ri Dia, agus air an deanamh 'n an oighreachan air a' bheatha mhaireannaich.

XII. Beatha a' Chrìosduidh

Tha na h-uile a chluinneas an soisgeul air an gairm, agus le còmhnaidh Dhe air an deanamh comasach air tighinn beo 'n a cho-chomunn mar a chlànn, air ùmhlachd a thoirt do lagh Chrìosd, air fàs ann an eòlas air gràdh Dhe, agus air earbsa a bhì aca 'na chùram athaireil anns gach deuchainn agus deacaireachd, agus mar sin a' nochdadh 'n am beatha gu bheil iad taingeil air son a' thiodhlacan uile.

Tha iad air an gairm mar an ceudna gu bhì fantuinn ann an co-chomunn na h-Eaglais, sìth agus aonachd na h-Eaglais iarraidh, a bhì fritheiteach air meadhonan nan gràs, ùrnuigh agus searmonachadh an Fhacail agus na Sàcramaidean, fireantachd Dhe a shireadh, araon 'n am beatha féin agus am beatha na rìoghachd, a' deanamh seirbhìs d' am bràithrean ann an gràdh air sgàth Chrìosd, agus a' feuchainn gun sgur ri toil Dhe a thaobh sìth is maith dhaoine a bhì air a deanamh air feadh an t-saoghail uile.

Tha beatha a' Chrìosduidh mar Thurus agus

mar chogadh naomh air nach fhaicear crìoch no buaidh gus an riugear an saoghal a tha ri teachd.

XIII. Dòchas a' Chrìosduidh

Ann an Soisgeul Chrìosd a bha air a cheusadh agus a dh' éirich a ris tha gealladh againn gu'n do shuidhich Dia là, a tha aithnichte dha féin a mhàin, anns am bhì an Tighearn Iosa Crìosd air fhoillseachadh ann an cumhachd agus le glòir anabhàrr, agus anns an téid sgiamh an t-saoghail so seachad. Tre chreideamh anns an t-soisgeul tha creidmhiach a' tighinn beò anns an duil agus anns an dòchas ghlòrmhor so.

An déidh am bàis tha anamanna nan uile dhaoine air chùram an De Uile-chumhachdaich, a tha ceart agus tròcaireach, agus bheir Esan a mhàin d'an aithne an cridhe breith chothromach orra le Iosa Crìosd, Mac an duine. Cha téid aingidheachd as gun pheanas, agus bithidh iadsan a chuir cùil ri tròcair Dhe air an dìteadh. Bithidh iadsan a ghabh ri thròcair beò gu sìorruidh ann an co-chomunn beannaichte ri Dia agus ri càch a chèile; chi iad Dia aghaidh ri aghaidh, agus bithidh iad 'n am fianuisean air saothair na h-Eaglais air thalamh agus 'n an luchd-compàirt 'na h-ùrnuighean.

Aig deireadh an t-saoghail, bithidh uile chruthachadh Dhe air a shaoradh o gach ole agus bròn, bithidh peacadh agus bàs air an sgrios, agus bithidh na h-uile nithean air an deanamh nuadh. Bithidh rìon sìorruidh Dhe air a choimblionadh, bithidh a thoil air a deanamh, bithidh a rìoghachd air teachd, agus bithidh E Féin 'n a uile anns na h-uile.

Na nithean sin, cho mhaith ris na h-uile nithean eile anns a' Chreideamh Chrìosduidh, tha an Eaglais ag aideachadh agus a' teagasg ann an ùmhlachd dhiadhaidh do theagasg agus do sheòladh an Spioraid Naomh; agus tha i a' sìor iarraidh a sholuis agus a ghràis, chum mearachdan a chur air chùl agus an tuilleadh eòlais fhaotainn air inntinn agus toil Dhe. Dhà-san gu robh glòir gu saoghal nan saoghal.

Aig an Uinneig

An t-Ollamh Seumas Camshron Lees

ANN an leabhar a bha air a sgrìobhadh bho Achionn bhliadhnachan tha e ag ràdh leis an fhear a sgrìobh e nach b' aithne dha riamh ministear eile a bha cho gaolach air a bhì bruidhinn mu shearmoin, agus mu shearmon-

achadh, agus mu chinn-theagaisg ris an Ollamh Seumas Camshron Lees, a bha an Ard-eaglais an Naomh Giles, an Dùn-éideann. Ged nach robh e air a chunntas 'n a shearmonaiche mór mar bha an t-Ollamh Iain Caird, no an t-Ollamh Seumas Mac Gri-

gair, no an t-Ollamh Alasdair Mac Ghille Bhàin, bha an t-Ollamh Lees 'n a shearmonaiche maith; simplidh, òrdail, soisgeulach. Bha gaol mór aige air a' Bhìobull; cha b' ann uair air bith as a' phaipear-naigheachd, no á leabhraichean nam feallsanach a thogadh e a sheanchas agus a theagasg ach á Fàcal an Tighearn. Bha aon chombarradh maith air a shearmonachadh daonnan, nach fhàsadh daoine sgìth dheth; bha e furasd a thuigsinn. Tha gu leòir de shearmonaichean nach 'eil furasd an tuigsinn, ach faodar a ràdh mu'n t-seòrsa sin, mar thubhairt Pol, "mur tuig mi brìgh a ghutha, bithidh an ti a labhras borb dhomhsa."

Cumhachd a' Bhìobuill

Aon ni a bu chòir do shearmonaichean a chumhneachadh daonnan, gu bheil éifeachd is cumhachd ann am Fàcal an Tighearna nach 'eil 'n am briathran féin. Bha na ceudan air an iompachadh fo shearmonachadh an duine dhiaidh, R. M. M'Cheyne, ach thuir e féin nach robh aon duine dhiubh sin air an dùsgadh le a bhriathran-san ach le fàcal air chor-eigin as an Sgrìobtur a dh' uisnich e anns a' chùbaid agus a gheimich air an inntinn. Tha Fàcal an Tighearna beò agus cumhachdach, agus na's géire na claidheamh dà fhaobhair air bith, a' ruigheachd eadhon chum eadar-sgaraidh an anama agus an spioraid, agus nan alt agus nan smear, agus a' toirt breith air smuaintibh agus rùintibh a' chridhe. Is maith an combarradh e air searmonaiche gu bheil e mion-eòlach anns na Sgrìobtur, agus gu'n téid aige air solus a thilgeil air aon rann de'n Fhìrinn le rann eile. Cha do thaitinn searmon riamh rium nach robh làn de'n sgrìobtur; ni an sgrìobtur greim air t' inntinn an uair nach greimich dad eile de na tha am ministear ag ràdh oirre. Do mhòran de dhaoine an diugh tha fàcal an Tighearn mar sgeul gun bhlas, agus bu mhór am moladh e air ministear air bith na'n dùisgeadh a shearmonachadh gaol air a' Bhìobull ann an cridheachan dhaoine; na'n deanadh e cho toigheach iad air 's a tha iad air a' phaipear-naigheachd. Searmoin shoisgeulach is searmon sgrìobturail, sin an searmonachadh a bheathaicheas eaglais Dhé.

Bana-mhaighstir eudmhor

Uair-eigin a bha an t-Ollamh Alasdair Mac Ghille Bhàin a' labhairt ri sgoilearan is ministearan òga thubhairt e riu, "*Is bana-mhaighstir eudmhor a' chùbaid; feumaidh duine a ghaol a thoirt dhi slàn.*"

Cha robh ministear eile an Albainn 'n a linn a thug gaol cho slàn do'n chùbaid 's a thug e féin; no ministear eile a choisrig uile bhuanhan a cheuirp, agus a chinn, agus a chridhe, do shearmonachadh, mar a rinn e. Ach bha a' bhuil; b' fhiach a shearmon éisdeachd riu;

bha iad mar Fhacal an Tighearn, "beò agus cumhachdach, agus na's géire na claidheamh dà-fhaobhair air bith, a ruigheachd eadhon chum eadar-sgaraidh an anama agus an spioraid, agus nan alt agus nan smear, agus a' toirt breith air smuaintibh agus rùintibh a chridhe."

An uair a ghabhadh an t-Ollamh Mac Ghille Bhàin coinneal na Fìrinn agus a rachadh e a steach d'a chridhe féin agus do chridheachan a luchd-éisdeachd a rannsachadh a mach nan aoidhean ain-diadhaidh a bhios 'g am foluch féin anns a' chridhe, b' ion dhuit eagal a ghabhail agus ball-chrith. Bha e a' faireachduinn gu'n do ghairm Dia e agus dearbhadh a thoirt d'a ghineal féin mu pheacadh, agus mu fhìreantachd agus mu bhreitheanas. Sin na nithean air am biodh e a' labhairt gun sgar; naomhachd Dhe; diòmhaireachd is aingidheachd cridhe mhic an duine; am feum a tha aig creidmich air a bhì buanachadh ann an ùrnuigh; am feum a tha aca air toil na feòla a smachdachadh.

Fuaim an t-soisgeil

Ach ged bheireadh e air cridheachan dhaoine tuiteam 'n an ead, an uair a bhiodh e a' rannsachadh agus a' sgrùdadh an coguisean a thaobh pheacaidhean diomhair, bha e 'n a shearmonaiche soisgeulach, daonnan ag àrdachadh saor-ghràs an Tighearna do pheacaidh. B'e aon de na cinn-theagaisg a bu bhitheanta air am biodh e a' labhairt. "Beannaich an Tighearna, O m' anam, agus moladh gach ni a tha an taobh-a-stigh dhiom ainm naomhsan," agus cò riamh a chual e air feasgar comanachaidh a' labhairt air a mhaitheanas, agus air an t-slànuachadh, agus air an t-saorsa, agus air a bheathachadh a tha Dia a' toirt d'a shluagh, a b' urrainn a dhìchuimhneachadh! Is e aon de na nithean air sin am bi mise a' beannachadh ainm an Tighearna mi fhéin, gu'n cuala mi an duine so ann an làithean m' òige.

An onfhadh Iordain

An diugh cha chluinnear ach uair glé annamh ministear ag earlachadh air daoine ullachadh air son a' bhàis, ach cha do leig an t-Ollamh Mac Ghille Bhàin le choimhthional am bàs a dhìchuimhneachadh. Bhiodh e ag imnsadh dhaibh mu na leabhraichean a bhiodh aige ri ceann a leapa a dh' fheitheamh air an uair sin—na Sàilm, agus Iain Bunyan, agus Plato, agus Bellarmine, agus Fois nan naomh, agus na laoidhean so, *Chreag a sgoilt-eadh air mo sgàth, Iosa thug do m' anam gràdh, Tha sruth mo rè a' tràghadh.* Bhiodh na briathran gu tric air a bhilean, Ciod a ni thu ann an onfhadh Iordain? Agus b'e sin an ceann-teagaisg mu dheireadh air an do shearmonaich e.



Na Làithean Naomha

Di-haoine na Ceusa

Maduinn na h-Aiseirigh

FEUCH! Iosa ceusda air a' chrann!
'S a cheann a' lùbadh nuas,
Fhuil chraobhach o gach creuchd a' ruith
Is cruithheachd bàis 'n a ghruaidh.

“Tha 'n obair crìochnaicht,” labhair e,
'S e tiomn' a spioraid suas;
Lùb e a cheann 's cha d' fhuiling e
Gnè tuille péin no truaigh'.

“Tha 'n obair crìochnaicht,” bhàsaich Crìosd
Air son a' chinne-daonn';
Làn-fhuasgladh thug e dhuinn o'n bhàs,
O chumhachd Shatain shaor.

“Tha 'n obair crìochnaicht,” 's linn an Lagh'
Do linn an t-Soisgeil ghéill;
Seann nithean chaidh a nis air chùil,
'S tha 'n saoghal ùr gu léir.

FAILTE do'n là 's an d' éirich Crìosd
Le cumhachd nìos o'n uaigh,
'S an d' fhuair e air gach uile nàmh,
Air ifrinn 's bàs làn-bhuaidh

'Na leabaidh thosdaich anns an ùir
Ghabh Rìgh nan dùl a thàmh,
Gu ruig an treas là glormhor sin
A shònraich e roimh làimh.

Chuir ifrinn 's uaigh an làmh r'a chéil'
'Ga chumail shìos fo ghlais;
Ach bhris an gaisgeach dheth gach sàs,
Is dhùisg e 'n àird gu cas.

Do d' ainm ro-àrd, a Thriath nam buadh
Gach uair bheir sinne cliù,
'S le 'r n-ait Hosanah fàiltichidh
An là 's an d' éirich Thu.

Cumhachd Dhe

“Thug mi dhuibh an toiseach an nì a fhuair mi mar an ceudna, gu'n do bhàsaich Crìosd air son ar peacaidhean, a réir nan sgrìobtur, agus gu'n d' adhlacaidh e, agus gu'n do thogadh suas e air an treas là, a réir nan sgrìobtur; agus gu'm facas e le Cephas, an sin leis an dà fhear dheug, an sin chunnacas e le còig ceud bràthair aig aon àm . . . , an sin chunnacas e le Seumas, an sin leis na h-abstoil uile, agus 'n an déidh uile chunnacas leamsa e mar an ceudna.”—I CORIN, XV. 3-8.

THA gach là de bheatha Chrìosd, agus gach duilleag de'n t-soisgeul, 'n an ionad naomh, ach 'nuair a ruigeas sinn an t-seachduin mu dheireadh tha sinn a' dol a steach do'n ionad ro naomh. Uair-eigin a dh' fheòraich an diadhair gaolach, Rabbi Duncan, de chaileig a thàinig dhachaidh as an sgoil cìod an leasan a bha aice anns a' Bhiobull, fhreagair a' chaileag, “Ràinig sinn,” ars ise, “an t-seachduin mu dheireadh am beatha Chrìosd air thalamh,” “Och, och, a rùin,” arsa Rabbi Duncan, “b'e sud seachduin nach robh seachduin eile riamh roimh coltach rithe, agus nach bi seachduin eile coltach rithe gu bràth tuilleadh,”—agus an sin dhìchuimhnich an duine gaolach co ris a bha e a' bruidhinn, is c'àite an robh e, agus thòisich e air bruidhinn ris féin mu bhàs agus mu aiseirigh Chrìosd agus mu dhìomhaireachd na Diadhachd.

'Se 'n t-iongantas bu mhiorbhuilich'
Chaidh innseadh riamh do shluagh
An Dia bha ann o shìorruidheachd
Bhì fàs 'n a chìochran trùagh.

Ach chan 'eil an sin ach pàirt de dhìomhaireachd na Diadhachd; esan a dh' fhàs 'n a chìochran truagh, agus a bha air a cheusadh agus air a ghlasadh anns an uaigh, bhris e glasan a' bhàis agus dh' éirich e as an uaigh, is tha e nis air àrdachadh le cumhachd maille ri Dia.

Chan 'eil rud air an t-saoghal as cinntiche na sin; tha ainm agus uachdaranachd aig Crìosd an diugh nach 'eil aig neach eile fo'n ghrèin, ach cha bhiodh ainm no uachdaranachd idir aige, mur b'e gu'n d' éirich e as an uaigh.

Gun teagamh tha cuid de dhaoine a' creidsinn gu maireadh an Creideamh Crìosduidh beò ged bhiodh e air a dhearbhadh nach 'eil ann an soisgeul na h-aiseirigh ach faoin-sgeul, ach tha mi an dùil gu'n abair a' mhór-chuideachd mar thubhairt Pol, *Mur d' éirich Crìosd tha ar creideamh agus ar searmonachadh dìomhain*. Bha agus tha an Eaglais air a stéidheachadh agus air a togail air soisgeul na h-aiseirigh; na'n do ghleidh an uaigh Crìosd cha chualas riamh iomradh air an Tiomnadh Nuadh, no air na nithean

a tha air an sgrìobhadh ann, oir cha bhith eadh an Tìomnadh Nuadh idir ann. Thug na chunnaic iad air Calbhari air maduinn Di-haoine buille-bhàis do dhòchas nan abstol, oir chunnaic iad e air a dheanamh 'n a mhasladh agus 'n a thàir an t-sluaigh, agus chual iad e a' gairm air Dia an éiginn anama, *Mo Dhia, mo Dhia, car son a thréig Thu mi?*

Chan urrainnear a ràdh mu na h-abstoil, eadar Di-haoine na Ceusa agus maduinn na h-aiseirigh, ach gur iad daoine a bu tìrsaiche a bha ann an Ierusalem; bha e cho fada bho 'n inntinn gu'n éireadh Crìosd o na mairbh 's nach deachaidh iad eadhon a dh' fhaicinn na h-uaigne gus an do ruith na mnathan a dh' innseadh dhaibh gu robh i falamh. Ach chan e an *uaigh fhalamh* an fhianuis as làidire a tha aig soisgeul na h-aiseirigh; is e an fhianuis as làidire *gu'm facas* e le daoine a bha cho cinnteach as a sin 's a bha iad as am beò féin. Tha Pol ag ainmeachadh cuid de na daoine sin, agus 'g a chur féin sìos 'n am measg, daoine a bha cho cinnteach gu'n d'éirich Crìosd as an uaigh agus gu'm faca iad le'n sùilean e 's gu'n deachaidh iad a mach air feadh an t-saoghail mar fhianuiscean.

* * * * *

I. Ann an aiseirigh Chrìosd chithear cumhachd Dhe a' faotainn na buadha thairis air cumhachd a' pheaeaidh agus a' bhàis. Air Di-haoine na Ceusa chunnaic na h-abstoil an neach naomh a chuir seachad a làithean uile a' cothachadh an aghaidh olcas agus peacadh an t-saoghail,—chunnaic iad e air a cheusadh agus air a mharbhadh, *mar gu'm biodh an t-olc an uachdar*. “Bha dùil againn,” arsa dithis de na deisciobuil, “gu'm b'esan an tì a bha gu Israel a shaoradh.” Mar gu'n abradh iad, bha creideamh againn ann an Iosa mar am Messiah gus am faca sinn e an làmhan a naimhdean, gun chomas e féin a shaoradh, ach a nis tha ar dùil agus ar dòchas gun bhunait. Neach nach urrainn e féin a shaoradh, an saor e daoine eile? Cha robh facal air bith eile a fhreagrachd na teagmhaidhean sin, no dh' aisgeadh an anam air ais do dhaoine a bha ann an t-suidheachadh sin, ach facal fìrinn each na h-aiseirigh. An uair a nochd Crìosd e féin dhaibh 's a chunnaic iad gu'n d'thug e buaidh thairis air a' bhàs agus air an uaigh agus air olcas an t-saoghail ghlac iad am misneach as ùr, agus an earbsa ann an cumhachd Dhe, is cha robh teagamh aca nach b'e Crìosd Mac Dhe agus Slànighear an t-saoghail. Cha mhò a bha teagamh aca nach biodh e maille riu gu bràth anns an obair a thug e dhaibh ri dheanamh.

II. Cha robh duine riamh ann a b' fheàrr a thug cìod a tha soisgeul na h-aiseirigh a'

ciallachadh bho thaobh Dhe agus am fiosrachadh chreidmheach na'n t-abstol Pol, agus is e an ni sònruichte air an robh e daonnan a' meòmhrachadh, *an foillseachadh a tha anns an aiseirigh air cumhachd Dhe*. Gheibhear an smuain sin an iomadh àite an litrichean Phoil, ach gheibhear i air a cur sìos gu soilleir agus gu làidir anns an litir a sgrìobh e chum nan Ephesianach, “. . . *chum fios a bhì agaibh cìod e ro mhead a chumhachd do ar taobh-ne a tha creidsinn, a réir oibreachaidh a threun neirt, a dh' oibrich e ann an Crìosd, 'nuair a thog e o na marbhaibh e, agus a chuir e 'n a shuidhe e air a dheas-làimh féin anns na h-ionadaibh nèamhaidh . . . agus sibhse bheothaich e, a bha marbh ann an euceartaibh agus ann am peacaidhean . . .*—(EPI. i, 18—ii. 1).

Tha rud no dhà anns na briathran sin as fhìach dhuit féin agus dhomh féin, a leughadair, beachdachadh orra; (1) gu'm faca Pol cumhachd Dhe anns an aiseirigh a chionn gu robh e a' smuaineachadh air aiseirigh Chrìosd, chan ann mar gu robh duine marbh air a thoirt beò agus air a thoirt air ais gu beatha agus obair an t-saoghail so, ach mar mhiorbhuiil a bu mhò na sin, leis an robh Crìosd air àrdachadh gu beatha mhaireannaich is ghloirmhor a tha cho eadar-dhealaichte o bheatha na feòla 's a tha an solus o'n dorchadas. Theagamh gu'n cuala Pol o na h-abstoil eile no o bheul-aithris na dùtcha mu Lasarus, agus mu mhac na bantraich, agus mu dhaoine eile, a bha air an toirt beò an déidh dhaibh a bhì marbh, ach ma chuala, tha e coltach nach do chuir na nithean sin iongnadh mór sam bith air, agus nach faca e annta foillseachadh drùidhteach air cumhachd Dhe. Ach cha b' ann mar sin a bha e a' faireachduinn a thaobh aiseirigh Chrìosd. Bha a' bheatha gus an do thog Dia a mhac anns na h-ionadaibh nèamhaidh cho àrd agus cho ghloirmhor 's nach b' urrainn e ruighinn oirre air dhòigh eile ach *le oibreachadh cumhachd do-labhairt Dhe*. (2) Ach tha Pol ag ràdh rud eile, agus rud a tha a' deanamh soisgeul na h-aiseirigh 'n a sgeul aoibhnic, tha e ag ràdh gu bheil a' cheart chumhachd mhìorbhuileach a chithear ann an aiseirigh Chrìosd ag obreachadh an diugh fhathast *gus peacaich a tha marbh à thoirt beò*.

Sin agad, a leughadair, an deagh sgeul a tha Di-dòmhnach Casg a' toirt dhuinn, gu bheil cumhachd do-labhairt Dhe a bha air foillseachadh anns an aiseirigh a' feitheamh oirnn agus air a tairgsinn dhuinn gus a bhì ag oibreachadh annainne mar an ceudna. Cha lugha na chumhachd so a ni creutair *nuadh* de neach a tha *marbh* ann am peacadh. Ach a chionn gu bheil a' chumhachd so ann an Dia tha e comasach air creidmich a ghleidheadh agus peacaich a theàrnadh gus an ceum as fhaide a mach.

Ann s a' Chathair

ANN an aon de na h-Eileanan an Iar nach Aruigear a leas ainmeachadh phòs nighean Phròstanaich fear Pàpanach. Chan 'eil pòsaidhean de'n t-seòrsa sin freagarrach no glic, ach air a shon sin tachraidh iad air uairean. Tha gaol na's làidire na gliocas, is cuiridh e rud air bith mar fhiachaibh air daoine a tha air an dalladh leis.

Bha an dithis ud freagarrach gu leòr air a chéile anns gach dòigh eile ; bha gaol aca air a chéile is b' aithne dhaibh a chéile o bha iad anns an sgoil, ach tha pòsadh eadar Pàpanaich agus Pròstanaich ag iarraidh barrachd gliocais, agus barrachd faidhidinn, agus barrachd diadhaidheachd, na gheibhear am measg dhaoine am bitheantas.

Cha b' e sagart ach ministear a phòs iad ; co dhiubh bha an duine car suarach mu eaglaisean agus mu chreideamh, no bha de ghaol aige air an nighinn 's gu'n leigeadh e seachad nèamh fhéin air a sgàth, dh' fhàg e an eaglais Phàpanach, is fad bhliadhnachan cha deachaidh e 'n a gaoth. Ach ma fhuair a' bhean cothrom air an duine a chosnadh bho mhearachdan na h-eaglais Phàpanaich, cha do ghabh i e, agus mu dheireadh thall chaill an eaglais Phròstanaich e féin agus a' chlamn.

Bha ceithir no còig de chloinn aca ; leig an athair leò an leasan Biobuill a ghabhail anns an sgoil còmhla ris a' chloinn eile, is tha mi an dùil gu robh iad an sgoil-Shàbaid Phròstanaich cuideachd. Ach 'nuair a bha an t-aon a bu shine dhiubh aona bliadhna deug dh' atharraich an duine inntinn gu grad agus gu làidir, is thubhairt e ri mhnaoi, "*'n a dhéidh so, is e Creideamh agus cleachdanna na h-Eaglais Naomh Chaitliceach a bhitheas againn anns an dachaidh so.*"

Theagamh gu'n abair cuid de na leughas an duilleag so gu'n d' fhuair an sagart 'ga ionnsaigh, oir tha Pròstanaich an dùil gu bheil e cho duilich do Phàpanach dol as o'n t-sagart 's a tha e do choinean dol as o'n fheòcullan a tha air a lorg. Ach cha b' e sin an t-aobhar gu'n d' atharraich an duine ud inntinn. Cha do sheas sagart riamh 'n a thigh, is cha mhò a bha e an eisiamail comhairle duine eile. B'e an t-aobhar gu'n d' fhàg e an eaglais Chléireachail agus gu'n do theich e air ais fo sgiathan na h-eaglais Chaitliceach, nach robh e a' faicinn a mhath a uair air bith ag aoradh anns an dachaidh no ag ràdh ùrnuighean maille ris a' chloinn, is thàinig amharus agus maoin-eagail 'n a inntinn gu'm faodadh anam féin agus anamanna na cloinne a bhi air an call gu sìorruidh. Cho luath 's a bhual an t-eagal sin e chaidh e air ais a dh' iarraidh dìon is tearuinn

teachd o'n eaglais Phàpanaich, an t-seana mhàthair leis an robh e air a theagasg 'n a òige.

Ciod air bith a their thusa, a leughadair, their nise gu bheil trian mhaith d' am inntinn leis an duine ud agus mo chridhe uile gu léir. Ann an làithean òige, anns an eaglais Chaitliceach, bha e mar fhiachaibh air nithean sònruichte a dheanamh gus anam féin a thearnadh, is cha b' urrainn dha a dhìchuimhneachadh gu robh anam aige, no gu robh Dia agus saoghal eile ann. Dh' fheumadh e fhaoisid a dheanamh do'n t-sagart agus a pheacaidhean aideachadh ; dh' fheumadh e dol do'n eaglais a dh' aideachadh ainm Dhe ; dh' fheumadh e làithean sònruichte a chòimhead naomh ; ùrnuighean sònruichte a ràdh gach latha, agus ùrnuighean a theagasg d'a chloinn. Ach anns na bliadhnachan a stad e a dhòl do'n eaglais Phàpanaich agus a dh' fhàg e a' chuid sin de riaghladh a theaghlach an làmhhan na mnatha chan fhaca e riamh combarradh air bith 'n a dhachaidh gu robh Pròstanaich a' creidsinn ann an Dia, no ag ùrnuigh ri Dia, chan fhaca e iomguin air a mhnaoi mu anamanna no mu ùrnuighean an cloinne. Mar sin thàinig e 'na inntinn nach robh aig na Pròstanaich ach creideamh fuar is lom ; nach robh aca ach *dith*-creidimh, rud nach riarachadh duine air bith air an robh cùram anama. Mar sin chaidh e air ais do'n eaglais Phàpanaich.

Cha robh an duine ceart anns na beachdan a bha aige, is bhoidh e furasda gu leòr dhòmhsa taobh nam Pròstanaich a chumail suas, ach air a shon sin bha boinne de'n fhìrinn anns na thubhairt e, is bhiodh e glic dhuinn an cronachadh so a ghabhail mar choibhneas agus mar oladh luachmhor nach bris ar ceann.

Do dhaoine aig a bheil inntinn spioradail, agus a tha feuchainn ri adhartas a dheanamh anns a' bheatha dhiadhaidh, tha meadhonan nan gràs, follaiseach agus uaigneach, cho feumail 's a tha biadh d' an corp, agus na'n do thachair aon dhiubh sin air an duine ud chith-eadh e gu bheil Pròstanaich cho mhaith ri Pàpanaich a' cleachdadh *mheadhonan* chum an anam a shaoradh o sgrios. Agus chitheadh e gu bheil mìltean de dhachaidhean Pròstanaich anns a bheil ceann an teaghlach 'n a shagart am measg a chloinne, ag aoradh do Dhia maduinn agus feasgar, 'g an teagasg ann am fìrinn an t-soisgeil, ag ùrnuigh as an leth ri Dia, agus 'a teagasg dhaibh ùrnuigh a dheanamh iad féin.

Ach tha seòrsa eile am measg Phròstanaich dìreach mar tha iad am measg nam Pàpanach, daoine gun cùram, gun suim do Dhia no do shaoghal eile ; a thaobh an t-seòrsa sin tha e

fior gu leòr gu bheil e na's fhasa dhaibh Dia a dhìchuimhneachadh anns an eaglais Chléireachail na tha e anns an eaglais Phàpanaich.

'Nuair nach 'eil pàrantan Pròstanach diadhaidh iad féin leigidh iad seachad foirm agus cleachdanna na beatha dhiadhaidh uile gu léir, is dh' fhaodadh tu a bhi fuireach anns an aon tigh còmhla ri uad bhliadhnachan gun am faicinn ag aideachadh ainm Dhe an dòigh air bith. Ach cha b' urrainn sin tachairt am measg Phàpanach.

Tha gu leòir de thighean anns a' Ghàidhealtachd an diugh anns am faodadh Inneanach as an àird an Ear bliadhna a chur seachad mar aon de'n teaghlach, agus gun fhios a bhi aige ciod an creideamh no an eaglais d'am buineadh iad.

Na'm feòraicheadh a dhaoine féin dheth (Hinduach no Mohammedanaich) an déidh dha dol dhachaidh ciod an creideamh no na dòighean cràbhaidh a bha aca theireadh e, "Chan 'eil fhios agam; chan fhaca mi dad dheth sin idir anns an daclaidh anns an robh mi a' fuireach. Bha iad 'n an daoine laghach coibhneil ach cha chuala mi iomradh riamh aca air Dia no diathan."

"Am bi iad a' coimhead làithean naomha?"

"Tha là aca ris an abair iad là na Sàbaid, ach cha bhi 'ga choimhead ach seann daoine; tha na daoine òga a' cur seachad na Sàbaid air an rathad-mhór ann an carbadan-ola."

"A bheil teampull anns an dùthaich?"

"Tha; tha gu leòir de theampull innte, agus chunnaic mi mòran dhaoine a' dol a steach annta cuideachd, ach is fheàrr le feadhainn eile dibhearsonn fhaotainn air na rathaidean-móra seach dol do na teampull."

"A bheil leabhraichean no sgrìobhaidhean naomha aca?"

"O tha; tha sgrìobhaidhean aca a fhuair iad o'n Dia mhór a chruthaich an saoghal, sgrìobhaidhean anns an d' innis e dhaibh a rùintean agus a thoil, ach cha bhi ach beagan dhiubh 'g an leughadh; tha mòran leabhraichean eile aca as fheàrr leò."

* * * * *

Tha mòran dhaoine an dùil an diugh gu'm faodar *Criosduidh* a ràdh ri duine air bith a tha stuama is cliùteach 'n a chaitheamh-beatha, co dhiu a tha e a' cleachdadh meadhanon nan gràs no nach 'eil. Tha gu leòir de dhaoine nach bi ag ùrnuigh no ag aoradh no a' leughadh Facal an Tighearna an dùil gu bheil iad 'n an deagh Chriosduidhean a chionn gu bheil iad stuama agus moralta agus fo chliù maith am measg an coimhearsnach. Ach na'm b'e stuamaichd no moraltaichd an t-slat-thomhais tha mòran de na cinnich fada air thoiseach oirne, ach chan abrar gur *Criosduidhean* iad air a shon sin. Cha Chriosduidh duine air bith nach 'eil a' creidsinn, agus ag aoradh, agus ag aideachadh; a' creidsinn an t-soisgeil, ag aoradh do Dhia, agus ag aideachadh gur e Criosd Slànuigh-eair an t-saoghal.

Ged nach fhaighear a' mhearachd so ann an teagasg Iain Calvin gheibhear i gu tric an beatha na muinntir a tha 'g a leantuinn; chan 'eil iad dichìollach air feum a dheanamh de mheadhonan nan gràs oir chan ann ris a' ghealladh a tha ceangailte ri meadhanon nan gràs a tha iad a' crochaidh an dòchais *ach a' feitheamh ris an là anns an bi iad air an òmpachadh*. Gus an tig an là sin chan 'eil anns a' chreideamh Phròstanach do mhiltean a bha air am baisteadh ach *dùth*-creidimh is dìchuimhne air Dia agus air siorruidheachd, mar thubhairt am Pàpanach ud.

Beannaich do theaghlach

"Do choibhneas anns a' mhaduinn mhoich

Bhi tric a' cur an céill;

'S air t'fhèrrinn tha neo-mhearachdach

Gach oidhch' bhi deanamh sgéil."

BU mhaith leis a h-uile athair agus màthair gu'm fàsadh an clann suas 'n an cloinn mhaith, an eagal agus an ùmhlachd Dhe. Ach ged bu mhaith leò sin, cha ghabh iad saothair no cùram an clann a theagasg mar bu chòir dhaibh.

Tha iad an dùil gu'n dean teagasg na sgoil-Shàbaid agus gràs Dhe (uair-eigin) an obair sin ann an eridheachan na cloinne air a bheil iad féin a' deanamh dearmaid. Chan 'eil teagamh nach 'eil e maith do chloinn dol do'n sgoil-Shàbaid, is chan 'eil teagamh nach faod gràs Dhe obair mhaith a dheanamh ann an eridheachan cloinne nach b' urrainn ro-chùram

phàrantan a dheanamh, ach am bitheantas tha gràs Dhe ag oibreachadh gu riaghailteach tre mheadhonan sònruichte, agus is e na meadhanon leis a bheil e ag oibreachadh ann an teaghlachan, teagasg phàrantan, ùrnuighean phàrantan, is diadhaidheachd phàrantan.

Anns na làithean so tha e duilich eadhon do phàrantan glic an teaghlachan a riaghladh gu ceart, oir cha toigh leis an òigrìdh cuing no smachd, ach ma tha e duilich eadhon do phàrantan glic, ciod a dh' éireas do'n fheadhainn nach 'eil an dara cuid glic no stòlda iad féin? Tha gu leòir dhiubh sin anns an dùthaich, daoine nach bu chòir cead-pòsaidh fhaotainn idir, na'n robh a' chòir air a cùmail, a chionn nach eil annta gu nàdurra ach gaotharain amaideach. Leigidh an seòrsa sin le'n cloinn

fàs suas gun smachd, gun teagasg, ach a mhàin na gheibh iad anns an sgoil, o na coimhears-naich, agus o'n chonastabal.

Is e ceud dhleasdanas a h-uile duine a théid air cheann teaghlach a thigh agus a chlann a riaghladh gu dìchiollach agus gu cùramach; mur dean e sin tha e coltach ri breitheamh *euorach*, no ri ministear *ain-diadhaidh*, no ri maighstir-sgoile *aineolach*,—tha e a dh' easbhuidh an n' àraidh a bhuineas d'a ghairm no d'a dhreuchd.

Tuigidh tu, a leughadair, nach 'eil mi a' cleachdadh an fhacail *riaghladh* ann an dòigh laghail, no mar gu'm bu mhaith leam athair a bhí 'n a dhia beag no 'na chòirneal am measg a theaghlach. Tha teaghlaichean coltach ris an Staid; anns an Staid is ann mar is lugha a bhagar tighdarras an lagha is cinntiche a bheir an sluagh ùmhlaich dha. Is sona an teaghlach anns nach leig athair no màthair a leas maoidheadh air an cloinn, no trod riu, a chionn gu'm foghainn e do'n chloinn a ràdh riu féin, *Cha bu toigh le ar pàrantan sinn a dheanamh so, no a dhol an sud!*

Tha a' chuid mhór de chlann na dùthcha a' dol do'n sgoil-Shàbaid fad oehd no naoi bhliadh-nachan, ach an sin tha mórann dhiubh a' tuiteam air falbh, is chan fhaicear cuid dhiubh anns an eaglais gu bràth tuilleadh. Car son nach do rinn an teagasg a fhuair iad anns an sgoil-Shàbaid an tuilleadh drùidhidh orra agus nach do thàlaich e iad gu cleachdanna na beatha dhiadhaidh? Cha do rinn a chionn nach robh na cleachdanna sin air an cumail suas 'n an dachaidhean. Na nithean a bha air an cur air thoiseach anns an sgoil-Shàbaid cha robh iomradh idir orra anns an dachaidh; cha robh aoradh air a dheanamh do Dhia, no Fhacal air a leughadh, no ainm naomh air aideachadh ann an dòigh air bith. An iongnadh, ma ta, gu'n saoilleadh a' chlann nach leigeadh iadsan a leas leantuinn air dol do'n eaglais 'nuair bha am pàrantan a' cur na h-eaglais agus gach ni a bhuineas dhi an suarachas.

Chan 'eil feum ann do dhaibhean a bhi bruidhinn mu chor ìosal na h-eaglais no mu chor truagh na rioghachd, chan 'eil feum ann dhaibh a bhi faighneachd, *Ciod a tha càrr air an eaglais?* Cha dean a' bhruidhinn sin ach an aire a tharruing air falbh o'n fhìor aobhar gu bheil beatha na h-eaglais ìosal agus fann anns na làithean so. Is e an t-aobhar, gu bheil sluagh na dùthcha so air leigeil dhiùbh aoradh a bhi aca 'n an teaghlaichean. Tha cuid dhiubh ag iarraidh *Home Rule*, ach is e an seòrsa *Home Rule* a b' fheumail do Albainn an diugh, gu'n riaghladh pàrantan an dachaidhean le gliocas agus gu'n deanadh iad oidhirp air an clann féin a chosnadh do Chrìosd. Ged bhiodh Pàrlamaid eile air a cur air chois an Dùn-éideann theagamh nach deanadh sin ach cron, ach na'n robh aoradh-teaghlach air a chur air chois ann an ceud mìle teaghlach anns nach 'eil e an diugh, sin an t-atharrachadh a bheireadh beannachd air an tìr.

Cha soirbhich an diadhaidheadh gu follaiseach mur bheil a cleachdanna air an cumail suas an uaigneas; tha e a cheart cho feumail do bheatha na h-eaglais gu'm biodh aoradh-teaghlach air a chumail suas ann an dachaidhean 's a tha e gu'm biodh aoradh follaiseach air a chumail suas anns a' choimhthional.

Theagamh gu'n cuala cuid de na leughas an duilleag so mu'n duine a bha air a bhioradh 'n a choguis agus e ag éisdeachd ri searmon mu aoradh-teaghlach. An déidh dha dol dhachaidh air feasgar na Sàbaid chruinnich e a theaghlach mu'n cuairt air agus labhair e riu mar so, "Tha mo choguis agus facal an Tighearna 'g am dhiteadh a chionn gu'n d' rinn mi dearmad air ainm Dhe aideachadh 'n am theaghlach, agus aoradh a dheanamh dha maille ribhse, ach tòisichidh sinn a nochd féin agus le còmhnadh Dhe cha bhi ar dachadh gun aoradh innte fhad 's is beò mi."

Nach bu mhaith na'n abradh aithrichean eile an ni cendna, "air ar son-ne agus air son ar teaghlach ni sinn aoradh do Dhia"!

Annas a' Choille Bheithe

CHAN 'eil là a dh' éireas tu nach fhaic no nach cluinn thu ni-eigin a tha dearbhadh as ùr dhuit cho coibhneil agus cho faireachdail 's a tha muinntir na dùthcha so ri ainmhidhean agus ri creutairean na coille agus na machrach. An dé bha trì no ceithir de litrichean anns a' phaipear ag iarraidh air daoine a bhi tròcaireach ris na féidh an àm sneachda, agus an diugh chuala mi mu bhean tuathanaich a bhios a' figheadh bhrògan do na coin los nach goirtich iad an casan air an rathad-mhór. An diugh cuideachd chunnaic mi ban-

charaid dhomh fhéin a' tiormachadh measan beag coin le searbhadair a chionn gu'n do rug fras air.

Theagamh nach dean na Philistich ach gàirefanoid 'nuair a chluinneas iad mu ghniomharan coibhneil de'n t-seòrsa so, agus gu'n abair iad gu bheil gu leòir de chloinn bhochd anns an dùthaich a tha na's feumail air cobhair a dheanamh orra na coin agus féidh. Tha sin fìor, ach tha e fìor cuideachd gur e càirdean nan coin agus nam fiadh na càirdean as fheàrr a tha aig a' chloinn, agus nach call do'n chloinn

na chosdus na daoine so air coin agus cait agus *canaries*.

Tha e 'n a chomharradh maith air daoine gaol a bhi aca air ainmhidhean agus air creutairean aig nach 'eil bruidhinn. Ged nach 'eil bruidhinn aca, co dhiu an seòrsa cànan a thuigeas sinne, tha an smaointean féin aca agus am faireachd-uidnean féin, agus eòlas air iomadh ni nach 'eil againne, air chor agus gu'm biodh ar fiosrachadh agus ar tuigse air obair a' chruthachaidh air am meudachadh gu mór na'n rachadh againn air bruidhinn ri eòin is ainmhidhean.

Saoilidh sinn gur e dearbhadh anabarrach a tha ann air innleachdas mhic an duine, gu'n cluinnear leis an labhran-shith an òraid a tha air a liubhairt no an ceòl a tha air a chluich am Paris, ach bhiodh e 'na aobhar-uail bu mhòtha do mhac an duine na'm faigheadh e dòigh air creutairean na talmhainn a cheasnachadh agus an inntinnean fhosgladh. Saoilidh sinn gur rud mór e gu'n téid aig na speuradairean air na reultan a thomhas agus innseadh dhuinn ciod an cudthrom a tha anns a' ghréin; saoilidh sinn gur rud mór e gur aithne dhaibh creagan na gealaich na's fheàrr na's aithne dhaibh mòinteach Leòdhais, ach tha saoghal eile glé dhùlùth dhaibh air a bheil iad tur aineolach, saoghal nan creutairean ceithir-chasach aig a bheil *beatha* a tha air a tarruing as aon tobar as a bheil mac an duine 'g a tarruing. Ach tha an saoghal sin air fhòlach bhuainn a chionn nach 'eil iuchair againn a dh'fhosglas e, is mar sin tha sinn cho aineolach air 's ged bhiodh e air taobh thall a' Ghrioglachain.

Ged tha clann-daoine an dùil gur ann air an son-san a chruthaich Dia an saoghal, agus nach 'eil ceann-uidhe eile aig a' chruthachadh ach gu'm bitheadh mac an duine air a dheanamh iomlan 'n a bhuidhean agus 'n a uachdaranachd, chan 'eil an sin ach *facal gun urrainn*, beachd mhic an duine féin a tha air a shéideadh suas le uabhar. Tha na h-ainmhidhean 'nan oighreachan air an talamh cho mhaith ri mac an duine, is tha còir as fheàrr aca air ma tha aois a' daingneachadh còrach. Chan eil ann an clann-daoine ach coigrichean air thalamh an coimeas ris na h-eòin. Bha na h-eòin ag itealach anns an speur agus ag ìonaltradh air thalamh muilleanan bliadhna m' an tàinig mac an duine. Ach ciod air bith a tha iadsan ag ràdh cha chluinn sinne e, oir tha dòimhne mhór eadarunn. Tha dòimhne na's mò eadar an duine agus na h-eòin na tha eadar an duine agus na h-ainmhidhean.

Tha eanchainn anns na creutairean gun teagamh, agus inntinn cuideachd, rud as fheàrr na eanchainn, ach chan 'eil an aon tomhas anna. Tha uiread astair eadar eanchainn *chimpanzee* agus eanchainn circe 's a tha eadar maighstir-sgoile agus pàisde. Tha cho beag tùir ann an circe 's gu'n suidh i gu

faidhidinneach agus gu toilichte fad thrì seachduinean air dòrnag chloiche, no air ball iomanach, a' feuchainn ri eòin a thoirt asda. Cha deanadh chimpanzee, no gin eile de na moncaidhean mòra, rud tuathal mar sin. Tha iadsan cho geur agus cho deas ri iomadh duine aig a bheil M.A.

Tha e gle neònach nach 'eil a' chearc na's tiraile na tha i, oir tha i an seirbhis mhic an duine bho chionn nam mìltean bliadhna, agus tha seirbhisich is companaich mhic an duine a' fas ann an gliocas mar is trice. Ach ged tha a' chearc 'na searbhanta aig mac an duine chan 'eil i 'n a companach, agus cha bhi gu bràth, a chionn gu bheil a h-inntinn cho beag agus cho bochd. Ciod a tha 'n a gogail, no eadhon ann an glaodh a' choilich, ach an gàire labhar a thig o'n inntinn fhalmh.

An àm a' chogaidh dheanadh na saighdearan Breatannach peata de chreutair air bith air am faigheadh iad gréim, ci, no cat, no boc gaibhre, is bha iad cho cùramach umpa agus cho coibhneil riu 's ged b'e an clann a bha anna. Bha iad fada na bu chùramaiche mu na h-eich na bha na saighdearan aig rioghachd air bith eile, is b' fheàrr leò iad féin a bhi air dhroch dhealbh seach na h-eich a bha iad ag oibreachadh. Cha bu choire sin anna; 'nuair a smuainicheas tu air a' chùis tha e soilleir gur e so an t-aobhar gu bheil Breatann na's fheàrr air Innseanaich agus daoine dubha a riaghladh na tha Gearmailtich no Frangaich no rioghachd air bith eile. Tha coibhneas is caomhalachd ris an lag anns a' Bhreatannach gu nàdurra, agus tha sin 'ga chuideachadh gus an talamh a shealbhachadh na's mò na buadhan eile a tha aige, misneach, is cruadalachd, is diorras. An duine aig a bheil e 'na chleachdadh a bhi coibhneil is companta ri creutairean laga, cha dual dha a bhi borb ri daoine dubha. Is ann glé annamh a bhreabas no chuipeas Bréatannach duine dubh.

Do dhaoine caomhail aig a bheil tùgh ann an ainmhidhean agus aig a bheil gaol orra tha an gealladh so daonnan air a choimhlionadh, *Thugaibh uaibh agus bheirear dhuibh; deagh thomhas air a gheinneadh agus a' cur thairis*. Bheir na h-ainmhidhean (ach an cat a mhàin) a thrì uiread gaoil agus dilseachd dhuinn 's a tha sinn a' toirt dhaibh. Is fheàrr an cridhe gaol agus thlas a bhi ann, ged b' ann do'n chù.

Is maith an togail e do bhalach a bhi air a thogail air an dùthaich; coille is monadh is achaidhean a bhi aige mar sgoil, far am faigh e eòlas air creutairean agus air cumhachdan a' chruthachaidh, agus far an cluinn e na guthan diomhair leis a bheil ar Màthair ghlic, an Talamh, a' labhairt r'a cloinn uile. Feumaidh gu'n d' ionnsaich an Naomh Francis a leasan gu maith oir chan abradh e ri eun, no ri ainmhidh, no ri creutair beò ach, *Mo bhràthair*.

Aig an Uinneig

Mac an Rìgh

THA an Rìgh a' cur fear d'a mhic a sheasamh 'àite aig coinneamhan an Ard-Sheanaidh an Dùn-éideann am bliadhna, an Diuc Kent a phòs a' bhan-phrionnsa Marina an uiridh. Tha uigh aig an teaghlach rioghail ann an obair na h-eaglais; tha iad a' cuideachadh na h-oibre sin an iomadh dòigh, agus tha e anabarrach freagarrach gu'n cuireadh an Rìgh a mhac mar fhear-ionaid do'n t-Seanadh am bliadhna, oir chan 'eil teagamh nach téid aige air bruidhinn air son 'athar na's fheàrr na duine eile, an uair a bhios an eaglais ag aideachadh a dilseachd do'n Chrìon.

Tha còig bliadhna fichead o thòisich Rìgh Deòrsa air rioghachadh, agus faodar a ràdh le fìrinn m'a thimchioll mar bha air a ràdh mu Heseciah, gu'n do rinn e fad na h-ùine sin an nì a bha maith, agus ceart, agus fìrinneach, am fianuis Dhe agus am fianuis a shluaigh. Tha aobhar-taingéalachd aig an dùthaich gu bheil an rìgh agus a' bhànrìgh a' leantuinn gu dlùth ris na cleachdanna diadhaidh a bha air an cumail suas an linn a shean-mhàthar, ach nach 'eil idir fasanta an diugh; gu bheil iad a' riaghladh an tighe agus an teaghlach féin le gliocas agus smachd, agus gu bheil iad a' toirt eisempler mhaith do'n t-sluagh a thaobh coimhead na Sàbaid agus a bhì dol do'n eaglais.

Seumas Brùn; Iain Buchan; agus a nis mac an rìgh; nach maith an comharradh sin air bràithreachas na h-eaglais, air aonachd an t-sluaigh, agus air neart a' Chrìon! Coinnichidh an beartach agus am bochd a chéile; is e an Tighearn a rinn iad uile.

* * * * *

Di-dòmhnach Càs

An dràs'd 's a ris tha gùth a' glaothach anns an fhàsach, ag iarraidh Di-dòmhnach Càs a bhì air a chumail air an aon là daonna. Ach tha an rud cho reusonta 's nach 'eilear a' gabhail suim dheth. Sin mar thachair fad móran bliadhnanach do na daoine a bha ag iarraidh oirnn an uair atharrachadh agus feum a dheanamh de sholus na gréine agus solus eile a chaomhachadh. An àite éisdeachd riu, agus smuaineachadh gu réidh ciallach air a' chùis, thuir sinn uile 'n ar cridhe nach robh anna ach daoine air a' chuthach, agus gu'n cuireadh atharrachadh na h-uaire beatha agus gnothuichean na rioghachd purraich air tharr-aich. Mar sin leig sinn leò a bhì bruidhinn.

Ach bha na daoine ud ceart agus sinne ceàrr. An uair a bha an tim air a h-atharrachadh an àm a' chogaidh chunnacas gu robh an dòigh ùr gun dragh, gun troimh-chéile.

A réir cunntas na Càisge an diugh faodaidh Di-Dòmhnach Càs a bhì cho tràth ris an dara là fichead de'n Mhàrt agus cho annoch ris a' chòigeamh là fichead a dh' April, Dòmhnach air bith an taobl a stigh de chòig seachduinnean. Am bliadhna tha e a' tuiteam air an aona là fichead a dh' April. Tha Di-dòmhnach Càs daonna a' tuiteam air a' cheud Dòmhnach an déidh do'n ghealaich a bhì làn, an déidh do'n là fàs cho fada ris an oidhe anns an earrach.

* * * * *

An Carghus

Ged nach 'eil na seann ainmean air làithean naomh na bliadhna air an cleachdadh a nis anns na ceàrnaibh sin de'n Ghàidhealtachd anns nach 'eil Pàpanaich a' fuireach tha seòrsa de chuimhne air na facail fhàthast. Na'n abradh tu ri duine de mhuinntir Cholla no Thìriodh gur e an deicheamh là de'n Mhàrt a' cheud Dòmhnach anns a' Charghus cha bhiodh fhios aige ciod a bha thu a' ciallachadh ach na'n innseadh tu dha gu robh *carghus an tombaca* air coimhearsnach dha thuigeadh e gu maith ciod a bha sin a' ciallachadh. Ann an cainnt na h-eaglais tha Carghus (facal a tha air a thoirt o'n fhacal Laidionn Quadragesima) a' ciallachadh na làithean trasgaidh a tha eadar Imid is Càisg, làithean anns a' bheil daoine maith ag àicheadh sòlasan na feola dhaibh féin, a' smachdachadh an cuirp air son leas an anama, ach ann an cainnt an t-saoghail agus dhaoine a tha ris a' phòb chan 'eil anns a' charghus ach cion an tombaca, seòrsa mosach de thrasgadh a bhios daoine a' deanamb, chan ann le'n toil ach leis an éiginn. Tha e a' tachairt air uairean do fhacail mar tha e a' tachairt do theaghlachan, gu bheil iad a' dol sìos anns an t-saoghal; a' tuiteam o bhì 'nan uaislean gu bhì 'n an islean bochd a dh' fheumas obair shalach a dheanamh. Sin mar thachair do'n fhacal Carghus; thuit e o bhì 'n a fhacal naomh gu bhì a' ciallachadh *cion an tombaca*, agus eadhon na's isle na sin, gu bhì a' ciallachadh na h-inntinn chas agus chuthaichte a chuireas cion an tombaca ann an daoine. Is e mo chuimhne-sa air daoine air an robh an carghus, gu'm bu daoine iad a b' ion dhuit a sheachnadh.

Cha mhór nach 'eil eachdraidh tuiteam an duine anns an aon fhacal so.

Neacal Caimbeul nach maireann

'S ANN le mór bhròn tha againn ri aithris gu Srobh an t-Urramach Neacal Caimbeul, an Ceann Loch Gilb, air a ghairm dhachaidh gu ro aithghearr air an t-seachdamh là deug de cheud mhìos na bliadhna so, agus e air thurus 's an Oban.

Tha a bhàs 'n a aobhar-bròin do mhóran chàirdean agus 'na chall mór do'n eaglais, oir bha e 'na dhuine diadhaidh, 'na shearmonaiche comasach, agus 'na aodhair dichiollach.

Bha e beagan bhliadhnachan an Srath Fharagaig; an 1906 chaidh e gu Urrath, an siorramachd Rois, far an do shaothraich e ochd bliadhna deug; á Urrath chaidh e do

Bhrùra an Gallaibh far an do choimhlion e ministrealachd shoisgeulach a bha measail an sùilean an t-sluaigh.

An uair a chaidh e do Cheann Loch Gilb, bho chionn bliadhna, bha sùil gu'm biodh e áir a chaomhnadh iomadh bliadhna fhathast, gus obair an Tighearna a chur air aghaidh anns an t-siorramachd anns an do rugadh e, ach cha b'e sin toil an Fhreasdail.

Bha iarraidh mhór air Neacal Caimbeul aig àm òrduighean air feadh na Gàidhealtachd, agus is iomadh aite anns an do shearmonaich e. Dh' fhàg e bantrach as a dhéidh, agus rithe-se tha co-fhaireachadh aig móran anns a' chall a thàinig oirte gu h-obann.

AN T-URRAMACH SEUMAS JOHNSTONE, *An Srath-pheofhair.*

Cumha D'a Mhnaoi

Air fonn—"Cha tig Mór mo bhean dhachaidh."

CHAHIDH mo Sheònaid-sa dhachaidh
Dh' ionnsuidh cairtealan buan,
O gach tinneas is easlaint,
'S o gach peacadh is truaigh;
O gach trioblaid is daorsa
Tha 's an t-saoghal is bròn,
A dh' ionnsuidh na tìre
'S am bheil sìth agus glòir.

Tha mise làn mulaid
Tric a' tuireadh 's mi sgith,
'S mo shùilean a' sìleadh
Le bioradh mo chridh';
Aig cuimhneachd do chéill-sa
'S do bheus air gach dòigh,
Bidh mise air mo reubadh
Eadar aoibhneas is bròn.

Bha do bheus-sa ro annamh
Measg bhan a fhuair gràs,
Ann an tairiseachd inntinn
Am mèneachd 's an gràdh;
Cha bu daor leat an éirig
Dheanamh réit' agus sìth,
Bhiodh tu bàthadh nan éibhlean
'N uair a dh' éireadh an stri.

Tha na bochdan ag acan
Gu'n deach Dorcas thoirt uath,
Làmh fhialaidh a' phailteis
Dheanadh sgapadh le truas;
Bhiodh do chridhe air fhàsgadh
'N uair bhiodh càch ann an cruas,
Gu minic ag ùrnuigh
Ris a' chùirt a tha shuas.

Ged tha mise làn fadachd
Agus m' aigne fo leòn,
A' caoidh na bha agam
'S cùis ladarn' bhi bròn;
Thug Dia i gu sàbhailt
Tre'n fhàsach le cliù,
'S 'n uair thàinig am bàs
Fhuair i làthaireachd a ghnùis.

Ged tha mise nis cianail
Làn iargain is gruaim,
Fhuair mi dà-fhichead bliadhn' dhi
Le a ciall agus stuaim;
Caomh, tairiseach, ciatach
Ann am fianuis an t-sluaigh,
Gun oibheum do'n diadhachd
Gus na thriall i do'n uaigh.

(*Le Uilleam MacCoimich, maighstir-sgoile a chaochail an Ionar-nis, ann an 1838.*)



Criosd agus Peadar

“ *A Shimoin, a mhic Ionais, an toigh leat mise?* ”—Eoin xxi. 17.

“ *Innsibh d’a dheisciobuil agus do Pheadar gu bheil e a’ dol roimh bh do Ghalile: chi sibh an sin e, mar thubhairt e ribh.* ”—MARC xvi. 7.

B’E sin am fios a chuir Criosd, an déidh dha éirigh o na marbhaibh, a dh’ ionnsuidh nan deisciobul leis an òganach a choinnich ris na mnathan aig an uaigh.

Air an oidhche anns an do bhrathadh e, thubhairt Iosa ri Peadar, “ Feuch dh’ iarr Satan sibhse chum blur criaradh mar chruithneachd, ach ghuidh mise *air do shon-sa*, nach diobradh do chreideamh thu ”: (Lucas, xxii. 31). Tha e coltach gu robh iomaguin air mu Pheadar: B’e aon de na nithean deireannach a rinn e m’an deachaidh e sìos do staid nam marbh eadar-ghuidhe a dheanamh air a shon; agus a nis, air dha éirigh as an uaigh, dh’ ainmich e air ainm e anns an fhìos a chuir e a dh’ ionnsuidh nan deisciobul.

Tha e furasda gu leòr a thuigsinn car son a rinn e sin. Bha Peadar truagh ann an droch shuidheachadh. Bha e air a nàrachadh agus air a mhaslachadh le dhroch ghiùlan féin ann an talla an àrd-shagairt far an do mhionnaich e nach b’ aithne dha Iosa. Tha an càirdeas agus an diadhaidheachd mar a chumar iad, is bha fhìos aig Peadar gu maith nach bu ghnìomh caraid no gnìomh duine diadhaidh an rud a rinn e. An uair a thàinig e chuige féin ghabh e aithreachas, ach cha chuireadh aithreachas folach air na rinn e. Bha a chridhe agus a choguis ’ga bhioradh a là ’s a dh’ oidhche, agus b’e an aon ùrnuigh a b’ urrainn dha a ràdh, A Thighearn Iosa, pheacaich mi ad aghaidh, agus chan airidh mi tuilleadh gu’m bithinn ann measg do shluaigh: thoir maitheanas dhomh.

Bu léir do Chriosd cridhe Pheadair, oir is aithne do’n Bhuachaille Mhaith a chaoraich, agus gairmidh e a chaoraich féin air an ainm. Mar sin chuir e am fios ud chuca, ag ainm-eachadh Pheadair air ainm. “ Innsibh d’a dheisciobuil agus do Pheadar gu bheil mise a’ dol romhpa do Ghalile.”

Thog na deisciobuil orra gu Galile a dh’ fheitheamh air am Maighstir, ach an uair a bha an ùine a’ dol seachad agus nach robh e ’ga nochdadh féin dhaibh, tha e coltach gu’n do chaill Peadar a chreideamh is fhaidhinn a rithist, oir thubhairt e ri càch, Tiugainnibh a dh’ iasgach. Mar gu’n abradh e,—tha mi a’ fàs sgìth de’n fheitheamh so, chan ’eil ann dhuinn ach faoineas a bhì feitheamh ri duine marbh; bithidh daoine a’ magadh oirnn; ach

ciod air bith a ni sibhse, tha mise a’ dol air m’ ais gu iasgach.

Dh’ aontaich iad uile leis, chuir iad air dòigh na lin, agus thog iad gu muir. Ach thachair dhaibh mar thachair do Ionah an uair a theich e o làthaireachd an Tighearna. Chuar-taich Dia e roimhe agus ’na dhéidh, air chor agus gu’n d’ ionnsaich e gu robh làthaireachd Dhe ’g a leantuinn ged rachadh e gu ionadan iomallach an domhain. Bha Criosd a’ lean-tuinn na luinge anns an robh na deisciobuil air an oidhche ud, ag iarraidh cothrom fhaotainn chum an saoradh o’n as-creideamh anns an do thuit iad.

Am beul an latha, ’nuair a bha iad a’ tighinn gu tìr, chunnaic iad coslas duine air a’ chladach is chual iad guth—“ *A chlann, a bheil biadh agaibh?* ” Thubhairt iad nach robh. Dh’ iarr e orra an lion a thilgeadh a mach air an taobh dheas de’n luing, agus air dhaibh sin a dheanamh, ghluac iad làn an lin. Anns a’ mhionaid dh’ aithnich Eoin cò a bha aca agus thubhairt e ri Peadar, “ *Is e an Tighearna a ta ann.* ” Ged bha as-creideamh gu leòr an cridhe Pheadair bha gaol an t-Slànuighair ann mar an ceudna, agus cho luath ’s a chual e ’ainm ’s a chunnaic e a choslas air tìr leum e a mach do’n fhairge, gun umhail do ni fo’n ghréin ach a mhàin a Mhaighstir eamh a ruighinn.

Their cuid de dhaoine nach bu ghnìomh caomhail a rinn Criosd an uair a cheasnaich e Peadar anns an dòigh anns an do cheasnaich e e, agus nach robh e chum buannachd sam bith do Pheadar a sheann lochdan a chuimneachadh dha agus a choguis a bhioradh as ùr, oir bha e soilleir do na deisciobuil uile ciod a bha ann an intinn Criosd ’nuair a dh’ fhèoraich e do Pheadar *trì uairean*, “ *An toigh leat mise?* ” Ach b’ aithne do Chriosd cridhe Pheadair mar nach aithne dhuinne, agus faodar a bhì cinnteach gu robh fhìos aige ciod a bha e a’ deanamh. B’ esan am Buachaille Maith agus b’ aithne dha a chaoraich, is bha fhìos aige gu’m biodh e chum buannachd do Pheadar cothrom ùr fhaotainn air a ghràdh ’s a chreideamh aideachadh, “ *A Shimoin, a mhic Ionais a bheil barrachd gràidh agad dhomh-sa orra sin?* ”

Bha latha ann a bha Peadar an dùil nach robh uiread gaoil aig na deisciobuil eile air Iosa 's a bha aige-san. Rinn e bòilich as a dhìlseachd féin agus bhòidich e gu'n leanadh e a Mhaighstir gu bàs, cìod air bith a dheanadh càch. Ach glé ghoirid an déidh dha sin a ràdh, mhionnaich is mhallaich e nach b' aithne dha Iosa riamh, agus ged a thionndaidh na deisciobuil air fad an cùl ris ann an uair a dheuchainn, is e Peadar a mhàin a dh' an-tromaich a ghealtairreachd le breugan. Bha cuimhne aige air an rud a rinn e; bha fhios aige nach biodh e ionchuidh dha a ràdh a nis gu robh barrachd gràidh aige air Iosa na bha aig càch air, agus is e an fhreagairt a thug e seachad. *Tha fios, agad, a Thighearna, gur toigh leam thu.*

Cha do chuir Criosd teagamh 'na fhacal; bha e cinnteach gu robh Peadar a' labhairt na firinn, agus a dh' aindeòin a' mhiapaidh air an deachaidh e ann an talla an àrd-shagairt, gu robh gràdh aige dha. Bha sin aige; an déidh làimhe nochd e meud a ghràidh agus a dhìlseachd, oir a réir beul-aithris na h-eaglais, leag e sìos a bheatha ann an seirbhis Chriosd.

Tri uairean chaidh a' cheist cheudna a chur air, agus trì uairean dh' aoidh e a chreid-eamh agus a ghràdh, a' faotainn na freagairt bho Iosa, "*Beathaich m' uain,*" "*beathaich mo chaoraich.*" Mar gu'n abradh Criosd ris, Air dhuit dearbhadh fhaotainn, a Pheadair, air laigse is anmhuinneachd do nàduir féin bi caomhail is truacanta ri peacach bhochd eile 'nuair a thòisicheas tu air obair na ministrealachd.

Cha do leig Peadar an earail as a chuimhne oir, bliadhnachan 'na dhéidh sud, sgrìobh e gu seanairéan na h-eaglais ann an cainnt a tha glé choltach ris na briathran a labhair Criosd ris féin, "*Beathaichibh treud Dhe a tha 'n ur meag, a' gabhail cùram dheth, chan ann a dh' aindeòin ach gu deònach, ni mò mar thighearnan os cionn oighreachd Dhe ach mar dhream a tha 'n an eisempleirean do'n treud.*" (1 *Phead, v. 2, 3*).

Cha ruig mi a leas an còrr a ràdh mu Pheadair, ach bu mhaith leam aire ar luchd-leughaidh a tharruing gu dà ni shònruichte a tha an earrann so de'n Fhìrinn a' teagasg.

(1) Is e a' cheud ni, gu bheil an Slànuighear caomhail ri daoine seachranach, is deas gu maitheanas a thoirt dhaibh. Is aithne dha ar dealbh agus is cuimhne leis gur duslach sinn. Is léir dha am maitheas a tha ann an cridhe-achan dhaoine cho mhaith ris an olc, agus air an aobhar sin bheir e breith chothromach. Is aithne dha c'àite a bheil an spiorad toileach agus an cridhe blàth co cinnteach 's is aithne dha c'àite a bheil an fhèoil anfhann agus an cridhe cruaidh. Ni e eadar-dhealachadh eadar

seòrsachan peacaidh, oir tha eòlas iomlan aige air cridheachan nam peacach. Shaoil Peadar aig aon àm, nach biodh 'anam air aiseag air ais dha gu bràth tuilleadh, is nach faigheadh e an ath ghairm gu seirbhis a dheanamh ann an rioghachd Dhe; agus theireadh e gu robh esan a cheart cho ciontach ri Iudas. Ach bu léir do Chriosd cridhe na dithis, is bha fhios aige gu robh uiread astair eadar Peadar agus Iudas 's a tha eadar siar is siar, ged nach robh gnìomh an dara fir idir eu-coltach ri gnìomh an fhir eile, o'n taobh a muigh. Agus a chionn gu robh, thug e maitheanas do Pheadar agus àite am measg nan abstol. Tha an duine a pheacaicheas an aghaidh an t-soluis, ann am fuil fhuar agus 'na cheart deòin, mìle uair na's ciontaiche na 'n duine a ghlacair gu h-obann ann an coire agus a thuislicheas m' an téid e 'na earalas. Bu léir do Chriosd nach b'e cruas a chridhe ach laigse na feòla a thug air Peadar deanamh mar a rinn e; bu léir dha gu robh gràdh nach bu bheag aige d'a Mhaighstir, agus mar sin thug e dha cothrom a ghràdh aideachadh am fianuis chàich, *A Thighearna, is aithne dhuit na h-uile nìthe; tha fios agad gur toigh leam thu.* Bha e 'na ghniomh caomhail do Chriosd an cothrom so a thoirt dha, oir thug an aidmheil a rinn e faochadh is aotrumachadh do chridhe Pheadair.

(2) Is e an dara ni a tha an earrann so de'n Fhìrinn a' teagasg, gu'm faodar Criosduidhean a ràdh riù-san uile as urrainn an aidmheil a dheanamh gu firinneach, gu bheil gràdh aca do Chriosd. Is e gràdh dhasan toiseach is meadhan is deireadh na diadhaidheachd. *Tha gràdh againn dha, ars' an t-abstol Eoin, a chionn gu'n do ghràdhaich esan sinne an toiseach.* An uair a bha e a' fàgail an t-saoghail 's a' cur cùram na h-eaglais air na h-abstoil cha d' iarr e orra an aonta chur ri creud sam bith, ach tha e a' cur na ceiste so air na h-uile, *An toigh leat mise?* Bha fhios aige nach ruigeadh e a leas cùmhnantan a bu tinne a chur orra agus gu'm faodadh e làn earbsa a bhi aige ann an daoine a b' urrainn a ràdh, *Tha gràdh aig m' anam do Chriosd.*

Cha bu chòir do'n eaglais gàrraidhean a thogail nach do chuir Criosd suas. Ma tha gràdh aig neach do Chriosd cha ruigear a leas a bhi 'g iarraidh air gun sgar cuimhne a chumail air a chreud 's a phaidir, na bhi 'g a cheasnachadh gu mionaideach mu nìthean diomhair is domhain nach 'eil ach air iomall na diadhaidheachd, oir bheir an gràdh a mach a thoradh féin. Cho-éignich gràdh Chriosd Peadar agus na deisciobuil eile gu seirbhis a dheanamh dha, agus is e a ghràdh-san cumhachd Dhe an diugh fhathast a thàladh dhaoine gu naomhachd is ìroslachd is ùmhlachd beatha. A bheil ainm eile air nèamh no air thalamh a tha cho

airidh air gràdh is urram is moladh r'a ainm-san? Tha Dia a' moladh a ghràidh dhuinne, do bhrìgh, an uair a bha sinn fathast 'nar peacaich, gu'n d' fhuiling Criosd bàs air ar son. Am b' urrainn gràdh dol na b' fhaide?

Ann's a' Chathair

BU chòir do Sheanadh Earra Ghàidheal taing a thoirt do Dhonnchadh C. Mac Thàmhais a chionn gu'n do chuir e an clòdh as ùr Leabhar nan Salm a bha air a chur a mach leis an t-Seanadh an 1694. Ged nach deachaidh mòran leabhraichean Gàidhlig seachad air suil an fhìr nach maireann, an t-Urramach Dòmhnall Mac Gilleathain, an Dùn-bheagain, chan fhaca e riamh an leabhar ud, is bha amharus aig cuid de dhaoine nach robh e riamh air a chur a mach ged bha e air ullachadh air son a' chlàidh.

Ach fhuair Maighstir Mac Thàmhais fear dhiubh, an dòigh nach ruig mi a leas innseadh an so, is chuir e an clòdh as ùr e, los a lèigeil fhaicinn dhuinn nach 'eil mòran atharrachaidh air na Saim Ghàidhlig mar tha sinn 'g an seinn an diugh seach mar bha iad air an tionndadh gu Gàidhlig an toiseach le Seanadh Earra Ghàidheal bho chionn còrr agus dà cheud gu leth bliadhna. Ghabh iomadh duine os làimh bhuaith sin ceartachadh a dheanamh air an obair a rinn Seanadh Earra Ghàidheal; an t-Urramach Alasdair Mac Phàrlain, M.A., Cill an Inbhir (an 1753); an t-Urramach Iain Smith, D.D., an Ceann Lech (an 1787); an t-Urramach Tomas Ros, D.D., an Loch Bhraon (an 1807); is feadhainn eile, ach ma ghabh, cha robh an ceartachadh mór no duilich a dheanamh, is tha na Saim Ghàidhlig, 'n an dlùth is 'n an inneach an diugh fhathast, mar bha iad air am fàgail leis na seana sgoilearan a thionndaidh iad gu Gàidhlig an toiseach. Urram dhaibhsan, ma ta, d'an dlighear urram, Seanadh Earra Ghàidheal a las coinneal anns a' Ghàidhealtachd anns na làithean dorcha ud, an iomadh seagh eile a thuilleadh air na saim a thoirt do'n t-sluagh 'n an cainnt féin.

Tha earrannan sònruichte de na Saim air an teangaidh aig a h-uile duine, is faodaidh mi cuid dhiubh sin a chur sìos air an duilleig so los gu'm faic ar luchd-leughaidh nach 'eil mòran atharrachaidh air a dheanamh air obair an t-Seanaidh ach a mhàin gu bheil an dòigh-litreachaidh air atharrachadh a réir an fhasain ùir.

BEannuigh an duine sin nach gluais a ngomhairle na ndaoi,
An sliغه fhìar na mbeacach bao
na sheasamh fòs nach bi. (SALM i. 1.)

Cuibhrionn mo chup' is moighreachd Dia
'stu sheasamh damh mo chrann,
A nàitaihb aoihbneach thuit mo lion
leam oighreachd bhreagh' nach gann. (SALM xvi. 5.)

Uime sin cha leinn féin sinn oir cheannaich-eadh le luach sinn, eadhon fuil phrìseil an t-Slànuigheir. Do bhrìgh gu'n d' fhuiling e an crann-ceusaidh air ar sgàth tha còir aige air ar gràdh agus air ar seirbhìs.

Foillsigh do ròrsa dhamh a Dhe;
ad shlighe teagaisg mè;
Is treòruigh me a thfìrinn ghloin,
smo theagasg dean a Dhe. (SALM xxv. 4.)

SE Dia mo sholus is mo shlàint,
cia chuireas eagal orm?
Sè neart mo bheatha Dia na ndùl,
cia chuirios faitheos fùm? (SALM xxvii. 1.)

Fìor-eagal De, biodh oirbh a naoimh:
oir uireasbhuidh no dì
Nì bhfuil air a luchd eagailsan
fìor-chràbhadh dhò do nì
Biaidh easbhuidh ar na lèomhnuibh òg,
is ocras mór gu seth:
Acht ar an droing a dhìarras Dia
nì nceilar èan nì maith. (SALM xxxiv. 9-10.)

Tobar na beatha tà gu dearbh
agads' a Dhia na ndùl;
Is ann do sholus dealrach glan
do ch'inn solus iuil. (SALM xxxvi. 9.)

DFeith mè le foighid mhaith ar Dhia,
chrom chugam, d'èist mo ghuth
Do thug sè a slochd uamhunn mè
a clàbar criadha tuigh. (SALM xl. 1.)

SE Dia is tearmunn dùinn gu beachd
ar spionnadh è 's ar treis;
An aimsir carroid agus teinn'
ar cabhair e ro-dheas.
Mar sin da ngluaist' an talamh trom
nì haqbhar eagail linn;
Da ndèilgte fòs na sleibhte mór
a mbuilsgen fairg' is tuinn'. (SALM xlvi. 1-2.)

DEan trocair' orm, a Dhia na ngràs
gu hiochdmhur saorsa mis,
Rèir lionmhuireachd do thròcair' chaoimh
glan as m'uil' easaontas.
Gu hionlan ionnuil mè om lochd,
glan mè om chiont' ad ghràdh,
Oir ta mè 'gadmail measantas,
's lèr dhaimh mo lochd do ghnà. (SALM li. 1.)

CIA méad is airi ghràidh do theach
Iehobha mhóir na nsluadh!
Cia taitneach dhamsa tàros naomh,
o Thighearna na mbuadh. (SALM lxxxiv. 1.)

O Manam, beannuigh thus anois
an Dia Iehobha mòr:
Malfadh gach nì ta ntaobh stigh dhìom,
ainm naomhtha mar is còir. (SALM ciii. 1.)

Cò na daoine a rinn an obair so, obair nach 'eil anns a' Ghàidhealtachd an diugh daoine a dheanadh i? Rinn ministearan diadhaidh nach 'eil an diugh ach beag air chumhne; Dùghall Caimbeul, an Cnapadal; Iain Stiùbhard, an Ceann-Garad; Gilleasbuig Mac Caluim, an

Cill-Mhicheil ; Gilleasbuig Mac Gilleathain, an Glèann-da-ruadhail ; agus feadhainn eile.

Tha so uile air innseadh gu pongail agus gu soilleir anns an leabhar so a chuir Mghr Mac Thamhais a mach, leabhar a thug dhomh-sa

co dhiu uiread toileachaidh 's gu'm bu mhaith leam taing a thoirt do'n fhear a sgrìobh e, agus a ghabh uiread dragha a' cruinneachadh gach fiosrachadh a ghabhadh faotaim mu'n obair a rinn Seanadh Earra-Ghàidheal air na sailm.

Peacaidhean Dearmaid

AN T-URRAMACH IAIN MAC AOIDH, AM PORT-RÌGH

MA tha e fìor gur iad an droch ghnìomharan Ma chuireas daoine do dh' ifrinn, tha e cheart cho fìor as sin gur iad na gnìomharan maith a tha iad a' fàgail gur deanamh a chumas mòran a mach á rìoghachd Dhe. “ *Oir tha Mì ag ràdh ruibh,*” arsa Crìosd r'a dheisciobuil, “ *mur toir 'ur fireantachd-sa barrachd air fireantachd nan sgrìobhaichean agus nam Phairiseach, nach tèid sibh air chor sam bith a steach do rìoghachd nèimh.*”

'S e so rud air am beil muinntir anabarrach tric ag call seallaidh. Tha sinn gu tric a' taic-eachadh air na nithean a tha sinn a' deanamh. Chan 'eil aon againn a' deanamh maith, agus na'n tugadh Dia breth oirnn a réir ar gnìomh-ara, cò againn a sheasadh ? Air an làimh eile, tha e fìor gu leòr gu'm faigh gach deagh ghnìomh agus ruìn an duais a bhùineas dhoibh, agus bu chòir dhuinn a ghnàth a bhì ag oidhirp air maith a dheanamh. “ *Na sgèitheamaid maith a dheanamh, oir ann an àm iomchuidh buainidh sinn mur fannaich sinn.*” Faodaidh e bhith nach 'eil mòran againn ro aingidh, mar a mheasar aingidheachd gu coitcheonn. Thèirar mu thiomchioll cuid nach 'eil math no cron anta ; ach 's iongantach mur 'eil e na's fhaisge air an fhìrinn a ràdh gu'm beil olc anns a' chuid as fèarr againn, agus sradag air choir-eigin de mhaith anns a' chuid as mìosa againn. Co dhiubh, mar a thubhairt sinn, chan e na tha annainn uile gu léir a mhilleas sinn ach na tha uainn.

I. Faodaidh sinn gun an t-olc follaiseach a chur an gnìomh, agus aig an àm cheudna gun a bhì chum feuma no maith anns an t-saoghal. Nis, 'se suidheachadh bochd tha sin. Cha do chuir an seirbhisheach a dh'fhòlaich airgid a mhaighstir fo 'n talamh, an gnìomh peacadh uamhasach sam bith ; cha do ghoid e, cha do chuir e tigh a mhaighstir 'na theine, agus cha do mharbh e a cho-sheirbhisich, agus gu dé a reish a bha ceàrr ? *Bha nach do dh'oibrich e.* “ *A sheirbhisich uile agus leisg* ”—sin a chliù.— 'S e am peacadh da'n robh e ciontach, *peacadh na leisg, peacadh dearmaid.* Neo-ar-thaing nach fhaighear lethsgèulan am pailteas air son na leisg. Their an leisgean gu'm beil leomhann anns an t-slighe ; their e iomadh breug eile a bharrachd air a sin air son e féin a dhion. Tha

iomadh lethsgèul aig a' gheamhradh air a bhì fuar, oir cha bu dual dha a bhì teth. Their an leisgean nach 'eil cothroman no comasan chàich aige, agus mar sin nach urrainn dha mòran a dheanamh. Is e tha tighinn ris dìth toile. Bha, agus tha, iad ann air an robh iomadh cothrom air an aicheadh, gidheadh a rinn feum de na dh'fhàgadh aca. Bha Nelson ùine mhór air leth-làimh, ach rinn e tuilleadh leis an aon air na rinn cuid eile aig an robh na dhà, agus ùine mhór bha e air leth-shuil, ach is lìomhor iad aig an robh dà shuil nach robh coltach ris. Tha sùilean an amadain ann an iomallan na talmhainn, ach tha sùilean an leisgein fo'n talamh. “ *Tha sùilean aca, ach chan 'eil iad a' faicinn.*” Seall am boirionnach ainmeil sin, Helen Keller, a rugadh dall, balbh, agus bodhar, gidheadh tre shìor-oidhirp agus dìchioll, an diugh a leughas, a labhras, agus ann an tomas, a chluinneas. Seall Maois anns an t-seann aimsir, a thubhairt “ *Rachaidh mi nis a leth taobh, agus chù mi an sealladh mor so,*” agus an salmadair a thubhairt “ *Ruithidh mi 'nuair a chuirear leat mo chridhe teann ann am farsuinneachd ;*” ach seall air an làimh eile Gilead a dh' fhan an taobh thall de Jordan. Dan a dh'fhuirich ann a longan, agus Aser an tràigh na fairge, 'nuair a bha Israel air a sàruchadh, agus Meros, baile a chaidh a mhallachadh a chionn nach d' thàinig iad gu còmhnaidh an Tighearna. Bha lethsgèulan aca gun teagamh, ach is e a bh'ann gu robh iad leisg.

II. Tha peacadh dearmaid eile ann a tha cum-anta, 'se sin *Mì-thaingeachd.* Tha sinn a' leughadh gu'n do ghabh na deisciobuil eagal aon uair do bhrih nach d'thug iad faineal miorbhuil nam buihonnan. Dhì-chuimhnich iad agus chruadh-aich an cridheachean. 'Nuair tha a' chuimhne goirid, tha mar as trice, an cridhe fuar. 'S ann air son sin tha an salmadair ag gairm air anam féin agus ag ràdh “ *Beannaich an Tighearna, O m'anam ; agus na dì-chuimhnich a thiodhlacan uile.*” Bha eagal air gu fàsadh a chridhe cruaidh, na'm fàsadh a chuimhne goirid, “ *Ma dhì-chuimhnicheas mise thusa, a Ierusalem,*” tha againn ann an salm eile, “ *dì-chuimhnicheadh mo làmh dheas a seòltaidh. Leanadh no theanga ri m'ghial mur cuimhnich mi ort, mur fèarr leam Ierusalem na m'aobhneas as àirde.*” Tha an

crìdhe cruaidh mì-thaingeil. Ann an leabhar ginealach Adhaimh, tha iomradh air Enoch, agus còmhla ris-san, air naoidhnear eile mu thimchioll nach 'eil na's motha sgrìobhta na gu robh iad aois àraidh, gu'n do ghìn iad mic agus nigheanan agus gu'n d'fhuair iad bàs ; ach mu Enoch tha e air a radh “ *Ghluais e maille ri Dia agus cha robh e ann, oir thug Dia leis e.* ” Tha sinn a' foghlum o na briathran sin, tha mi a' smaointeachadh, gu'n do mhol Enoch Dia ann an latha dorchais agus aineolach. Tha e ann so —aon fhear à deichnear—a mhol Dia. Leighis Crìosd deichnear lobhar, agus thàinig aon air ais a thoirt buidheachais do Dhia. “ C' àit am beil na naoidhnear ? ” dh' fheòraich am Maighstir. Tha iad ann a ghabhas beannachd sam bith a gheibh iad, ach a tha glé mhì-thaingeil leò, agus tha fios gu'n do dh' fhairich an Tighearna mì-thaingeachachd dhaoine na bu gheòire na na tàirngnean agus an t-sleagh. 'N uair a chaidh Iulius Caesar, an t-iompaire mór, a mhortadh ann an Tigh-seanaidh na Ròimhe, b'è aon de na chuir as dha Brutus, duine do 'n robh Caesar 'na charaid dlùth. Mhòthaich Caesar sin, agus ghlaodh e mach “ Agus thusa cuideachd, a Bhruta ! ” agus an sin chòmhdaich e aghaidh le fhalluinn. “ *Eadhon fear no shìth, as an d'earb mi, esan a dh'ith de m'aran, thog e a shùil am aghaidh.* ” Sin Mì-thaingeachachd, peacadh nan daoine nach 'eil a' toirt buidheachais, agus nach 'eil a' moladh Dhe.

III. Seall a nis ris a pheacadh, *An-ìochd*. Is peacadh dearmaid e so da rìreadh, agus tha e ag gabhail a steach mì-charthannas agus searbhachd beatha ann an iomadh dòigh. Ma's e an leisg dearmad oibreach, agus mì-thaingeachachd dearmad molaidh, 's e an-ìochd dearmad truais agus caoibhneis ; 's e na dleasdanasan a tha sinn a' dearmad gu minic a nochdas cìod an spiorad de'm beil sinn. Chan ann air son uile air bith a rinn e a dh' fhosgail an duine saoi bhir a shùilean ann an dòruinn ; cha b'ann air son a mhaoin no a gheadhnachas a chaidh a dhìteadh. Ged bha e 'na dhuine beartach, dh' fhaodadh e a bhì 'na dhuine math mar a bha Abraham, agus Iob, Ioseph o Arimatea, Baird agus Overtoun, agus an leithidibh sin ;

ach 's e a mhìll e gu robh e an-ìochdmhor. Chunnaic e Lasarus 'na thruaghan aig a dhorus, agus dh' fhàg e ann sud e. Cha do rinn e tròcair. Rinn e dearmad air a bhòchd agus air a' chòir. Cò e bu choimhearsnach dhàsan a thuit am measg an luchd-reubainn, ach an tì a rinn tròcair air ? Sagart no Lebhitheach, cha dean sin an gnothuch, mur 'eil spiorad an t-Samaritanaich againn, spiorad bàigh agus truais. Aghaidh ghruamach, ad mholach, agus cota fada, cha dean sin teardadh. Diadhachd nan ad, diadhachd nam fuid ! Ach nach mór tha ag earbsa aise ! B' fheàrr dhoibh sin gu mór an crìdheachan a leigeil a mach beagan na a bhì toirt breith chruaidh air an co-chreutairean, agus air sòlasan laghail na beatha so. Tha an-ìochd a' dùnadh suas tobair a ghràidh agus an aoibhneis, agus a' gintinn amharus, fèinealachd, agus fuath. 'S geur a labhras cuid air nithean mar tha litreachas, ealain, agus ceòl, agus suidhidh iad sìos a' bruidhinn air ministerean gun ghràs (mar a shaoileas iadsan) 'n uair bu chòir dhoibh a bhì cuideachadh a' bhòchd. Sin e dìreach, an seann ghalair, dìth gràidh agus dìth truais. “ *Is an-aoibhinn dhuibh,* ” arsa an Tighearna, “ *oir tha sibh a' toirt an deachamh as a' mhòmat, agus an anise, agus a chuimin, agus dhearmaid sibh nithean cudthromach an lagha, cothrom, tròcair, agus fèrinn : bu chòir dhuibh iad so a dheanamh, agus gun iad sud fhàgail gun deanamh.* ” Dearmad air na nithean cudthromach ! Tha sinn aige a nis. “ *Imichibh uan, a shluagh mallaichte . . . oir bha mi acarach, agus cha d' thug sibh dhomh biadh ; bha mi tartmhor, agus cha d' thug sibh dhomh deoch. Bha mi am choigreach, agus cha d' thug sibh aoidheachd dhomh ; lomnochd, agus cha d' éidich sibh mi ; euslan agus am prìosan, agus cha d' thàinig sibh 'g am anharc. A Thighearna,* ” their iadsan, “ *C' uin a chumnaic sinne thu acarach no tartmhor no ad choigreach, no lomnochd, no euslan, no am prìosan, agus nach do fhritheil sinn dhuit ?* ” An sin freagraidh Esan iad, “ *Gu deimhin tha mi ag ràdh ruibh, a mhead as nach d' rinn sibh e do'n neach as lugha dhuibh so cha d' rinn sibh dhomhsa e.* ” Sin luchd an-ìochd ; agus imichidh iad chum peanas shiorruidh ; ach na fireana chum na beatha maireannaich.

Annas a' Choille Bheithe

THA mi a' cunntas nan làithean gus an cluinn mi a' chuthag. Faodaidh mi a cluinntinn là air bith eadar an ochdamh là fichead a dh' April agus a' chòigeamh là de Mhàigh, ach mar is trice is ann air an dara no air an treas là de Mhàigh a tha i a' ruighinn na Coille Bheithe. Uair no dhà *chunnaic* mi i m' an *cuala* mi i, ach mar is trice, is e a *gug-ùg*

a' cheud rabhadh a gheibh mi gu bheil i air tighinn. Agus cò riamh a chuala *gug-ùg* na cuthaig gun a chridhe a thoirt leum as le faireachduin nach 'eil e furasda facal fhaotainn air a shon ? Chan e *toilintinn* a tha ann uile gu léir oir tha fichead rud eile ann a tha toirt toil-inntinn as mò dhomh na guth na cuthaig, ach nach toir air mo chridhe leum. Ach tha

freumh de thoilinntinn ann air a shon sin. Cha mhò is e *moit* no *gàirdeachas* am facal ceart, ach ciod air bith as ainm ceart do'n fhaireachduin so a thig 'n ad chridhe a' cheud uair a chluinneas tu a' chuthag leumaidh do chridhe gun chead do thoile.

Faodaidh e bhith gur e an t-aobhar gu bheil *gug-ùg* na cuthaig 'n a chomharradh agus 'n a bharantas gu bheil an samhradh air teachd, is chan iongnadh ged dheanadh daoine agus creutairean gairdeachas ann an teachd an t-samhraidh. Tha teas na gréine a' dùsgadh beatha air machair is sliabh; tha fàs is maise ri fhaicinn air gach taobh an seall thu. Os ar cionn anns na speuran agus am barraibh nan craobh tha coisir-chiùil a' seimn gun sgur; tha an talamh fo ar casan mar gu'm biodh brat àillidh air a dhealbh an iomad dath. Ann an òg-mhios an t-samhraidh tha an saoghal cho maiseach is tha a leithid de shaoibhreas air a sgoileadh mu choinneamh ar sùl 's gur marbh da rìreadh an cridhe anns nach 'eil moladh is taingéalachd air an dùsgadh do'n Ti uilechumhachdach a tha deanamh na mìorbhuil so as ùr a h-uile bliadhna.

*Is mór an Tighearn agus is mór a chumhachd :
Tha a thuigse gun tomhas,
Seinnibh do Jehobhah le buidheachas ;
Deanaibh ceòl d' ar Dia-ne air a' chlàrsaich,
A chòmhdhaicheas nèamh le nèoil,
A dh' ullacheas uisge do'n talamh,
A bheir air feur fàs air na sléibhean
Oir tha ainm-san a mhàin air àrdachadh
Tha a' ghloir os cionn na talmhainn agus nan nèamh.*

Anns an t-seann t-saoghal bha ceud là an t-samhraidh air a choimhead le mòran chinn-each mar là-féille, is bhiodh iad a' dol a mach do na raointean a chruinneachadh fhluirichean agus a dhannasadh. Chan 'eil fada bho stad an cleachdadh sin an Sasunn, ma stad e idir fhathast, ach a réir beul-aithris na dùthcha, cha robh mòran suime aig na Gàidheil do na flùraichean; oir b' ann do theine a bha iadsan a' toirt urraim ann an cleachdanna latha Bealltainn. Tha sgoilearan Gàidhlig ag radh gur e *teine Bheil* a tha am facal Bealltainn a' ciallachadh, agus gur e *Bel* aon de na seann diathan a bha aig na Gàidheil, *dia an t-soluis*. Bha ar n-athraichean a' deanamh aoraidh do'n ghréin, ach ged is fhada bho dh' fhalbh na làithean sin, tha cleachdanna air an cumail suas am measg ar sluaigh fhathast, a thòisich ri linn an aoraidh sin. Cha toigh leis na Gàidheil rud air bith a dheanamh an aghaidh na gréine. An uair a bhios creitair anns na h-Eileanan a' deanamh cruach arbhair anns an fhoghar is ann daonnan *deiseil* a chuireas e na sreathan oirre, a' dol mu'n cuairt na cruaiche leis a' ghréin. Na 'm faicheadh e duine

eile air mullach a' mhulain no na cruaiche, agus e ag oibreachadh an aghaidh na gréine, theireadh e nach robh ann ach amhlair no buamastair. Agus na'm feòraicheadh tu dheth ciod an seòrsa duine a tha ann am buamastair theireadh e riut gur e buamastair duine a bhios a' deanamh a h-uile ni ris an cuir e a làmh gu *tuathall*. Na 'n ceasnaicheadh tu e na b' fhaide agus na 'm feòraicheadh tu dheth co ris a theireadh e *duine tuathall* dh' abradh e riut gur e duine tuathall duine a bhios a' deanamh a h-uile ni air *an doigh chearr mar gu'm biodh e ag obair le làimh chlì*.

An uair a bhios daoine d' an aithne gnothuch a dheanamh gu ceart a' tighinn gu uaigh le tiodhlacadh anns a' chladh thig iad 'g a h-ionnsuidh *deiseil*, ma ghabhas e deanamh idir. Na 'n tigeadh iad chuice air dhòigh eile bhiodh iad a' dol an aghaidh na gréine, agus cò a dheanadh sin ach amhlair? Theagamh gu'n abair daoine òga agus daoine eagnaich nach dean e mùghadh air bith ciod an rathad air an tig thu gu uaigh, no ciod an rathad air an cuir thu sreath air mulan, ach chan 'eil mi idir cinnteach gu bheil sin ceart, ged nach bu mhaith leam dol an argumaid mu'n chúis. Air son na tha de fhios againne faodaidh e bhith gu bheil lagh dìomhair is sìorruidh air clàr a' chruthachaidh a tha a' tarruing dhaoine gu bhi gluasad leis a' ghréin; lagh a tha 'n a chúis-eagail dhaibh an uair a théid iad 'na h-aghaidh. Ma's e a' ghaoth fhéin, theagamh gu'n d' thug thu an aire nach comharradh maith e gu'n atharraicheadh i an aghaidh na gréine. Ach is comharradh maith e gu'n tionndadh i leis a' ghréin.

Chan 'eil e idir iongantach gu robh daoine ag aoradh do Chumhachdan Nàduir m' an d' fhuair iad eòlas air an t-soisgeul, agus gu sònruichte ag aoradh do'n Ghréin; Màthair an t-Soluis; Màthair na teas; Màthair an fhàis, ris a bheil beatha gach creutair an crochadh. An d' thug thu riamh an aire, a leughadair, gu'm faod thu mòran de na tha air a ràdh mu Dhia anns a' Bhiobull a ràdh mu'n ghréin, gun atharrachadh air bith a dheanamh air.

Ach ged tha fadachd orm gus an cluinn mi *Gug-ùg* na cuthaig chan ann idir rithe-se a leumas mo chridhe ach ris na nithean eile a bheir sonas agus toilinntinn dhomh aig àm a teachd; anail bhlàth na gaoithe ann an toiseach Mhàigh; àileadh a' bheithe òig agus a' ghiuthais; conasg is bealaidh agus iad buidhe mar an t-òr, fàilleanan maoth na làirig air an dealtrachadh le guirme nach fhacas riamh a choimeas ach air boineidean nan sìthichean; li is lainnir an sgithich ghil. Sin na seann nithean a tha daonnan ùr, agus na nithean cumanta a tha daonnan mais-each.

Aig an Uinneig

“Dhia, gléidh an Rìgh”

BHA mi a' ciallachadh Laoidh na Rìoghachd Bha chur sìos air an duilleig so mar ar n-ùrnuigh ri Dia as leth an Rìgh, ach dìreach mar a bha na briathran air bàrr mo phinn thàinig laoidh eile gu m' chuimhne, agus laoidh as fheàrr.

Buan-shaoghal agus aimsir chian
Bheir thusa, Dhia, do'n Rìgh ;
Mar iomadh ginealach is linn
A bhliadhnacha 's tu ni.

Mairidh e buan am fianuis Dhe
Gu bunaiteach 's gu bràth ;
Tròcair is fìrinn deasaich dha,
'Ga choimhead-san gach tràth.

(SALM xli, 6-7).

Maille ri sluagh na rìoghachd gu léir tha muinntir na Gàidhealtachd aig an àm so a' guidhe saoghal buan do'n Rìgh, sìth 'n a rìoghachd, agus beannachd Dhe 'n a theaghlach. Ged tha an Rìgh 'na shuidhe air rìgh-chathair a tha àrd agus togta suas chan 'eil ann ach duine ; tha feum aige air ùrnuighean an t-sluaigh, feum na's motha na tha aig daoine eile a chionn gu bheil uiread an earbsa ris agus uallach cho trom air a ghuaillan.

Tha aobhar taingealachd aig Breatunn gu bheil an Rìgh 'n a dhuine glic agus 'n a dhuine ceart ; dleasdhanach agus saothrachail 'n a dhreuchd ; 'n a cheann-teaglaich a tha daonnan a' cur eisempleir mhaith fa chomhair na dùthcha, agus 'n a dhuine faireachdail aig a bheil co-fhaireachdùn r'a shluagh anns gach teinn a thig orra. Is e meas an t-sluaigh an t-aol agus an cement a tha deanamh bunaitean a' Chrùin làidir, is cha robh bunaitean a' Chrùin riamh na bu làidire am Breatunn na tha iad an diugh an cement a tha deanamh sin, is ann a tha iad a' cosnadh an tuilleadh dlùseachd do'n Chrùn.

Ged nach biodh aobhar eile againn air son buidheachas a thoirt do Dhia ach gu bheil ar Rìgh dlìgheach a' cumail bhuainn leithidean Lenin agus Mussolini agus Hitler bu mhór an t-aobhar sin fhéin.

Leabhraichean Gàidhlig

Bho chionn ghoirid chuir Alasdair Mac Labhrunn agus a Mhic, aig a bheil buth leabhraichean air Sràid Earra-Ghàidheal, an Glaschu, a mach dà leabhar bheag a tha airidh air beannachd na h-eaglais, Leabhar Aithghearr nan Ceist a bha air a thionndadh gu Gàidhlig le Dòmhnallach na Tòisigheachd, agus Lea-

bhar beag eile a bha air ullachadh le Eachann Dùghallach gu bhi toirt seòlaidh do dhaoine a tha ag ionnsachadh Gàidhlig. Chan 'eil Leabhar nan Ceist a' cosd ach dà sgillinn, agus an leabhar eile ochd sgillinn deug, is bhitheadh iad le chéile tarbhach chum eòlas a thoirt do dhaoine air Gàidhlig, agus eòlas a thoirt dhaibh air nithean as fheàrr.

Cha ruigear a leas a ràdh mu'n leabhar-leughaidh ach gu bheil e air a dheanamh anabarrach freagarrach agus anabarrach soilleir do dhaoine aig nach 'eil Gàidhlig, agus nach b' urrainn dhaibh tòiseachadh air a h-ionnsachadh ann an dòigh a b' fheàrr. Tha a' chuid mhór de na leasain air an stéidheachadh air a' Bhiobull, is chan 'eil dòigh as fheàrr air Gàidhlig ionnsachadh na an dà Bhiobull a bh aig duine 'na làimh, a' Ghàidhlig agus a' Bheurla.

Bha Leabhar Aithghearr nan Ceist air a chur an clòdh an Gàidhlig na's trice na leabhar air bith eile, an toiseach le Seanadh Earra-Ghàidheal an 1651 ; agus iomadh uair eile bhuaith sin. An 1829 bha e air a thionndadh gu Gàidhlig, no co dhui air a dheanamh coltach ri Gàidhlig a là féin, leis an Urramach Eoin Dòmhnallach, D.D., a bha an sgrì na Tòisigheachd. Sin an leabhar a tha air a chur a mach as úr an dràs le Alasdair Mac Labhrunn, agus a Mhic, fo shùil Eachainn Dhùghallaich a thaobh litreachadh na Gàidhlig. Bu mhaith leam fhios a bhì agam a bheil òigridh an àite air bith anns a' Ghàidhealtachd ag ionnsachadh Leabhar nan Ceist air an teangaidh an Gàidhlig an diugh. Tha fuigheall beag ann fhathast a tha 'g a ionnsachadh am Beurla, ach tha amharas agam nach 'eil mòran 'g a ionnsachadh an Gàidhlig. Cha mholadh sin oirne no air na timeanna anns a bheil sinn beò.

Calum Dòmhnallach nach maireann

Bha iomadh duine duilich a chluinntinn gu'n do shiubhail am ministear gasda so agus a bhean, mar aon là d'a chéile, esan air an naoi-dheamh là de April agus ise air an deicheamh.

Rugadh an t-Urramach Calum Dòmhnallach an eilean Thiriodh ; 'n a òige bha e ris a' ghreusachd, ach aig àm dùsgaidh a bha anns an eilean thòisich e air bruidhinn aig coinneamhan, agus nu dheireadh chuir e roimhe am fùrgreusachd fhàgail agus dol do'n Chollaist. Shaothraich e anns an eaglais Shaoir an iomadh àite, mar oileanach agus mar mhinistear, ach is ann mar mhinistear Beinn-na-faoghla a b' fheàrr a b' aithne do Eaglais na h-Alba e. An deireadh a làithean bha e greis ann an sgìreachd Hinipoil, an Tiriodh, eilean a dhùchais, ach bha e ro shean m'an deachaidh e ann, agus cha b'

fhada gus an do bhris air a shlàinte. Ged bhios cuid dhiubh 'g a dheanamh, chan 'eil e glic do mhinistearan dol a dh' àite ùr annoch 'n am beatha, is chan 'eil e glic do'n t-sluagh impidh a chur orra sin a dheanamh. Ma leigeas tu le puist fhiodha fantuinn anns an talamh mar chuir thu ann iad an toiseach, faodaidh iad marsuinn iomadh bliadhna an déidh dhaibh toiseachadh air cosg aig am bun, ach ma spionas tu as an talamh iad agus ma dh' fheuchas tu ri

'n cur ann a ris as ùr, chan fhada a mhaireas iad.

Bha Calum Dòmhnallach 'n a fhìor dhuine ceanalta agus còir; eireachdail 'na phearsa, glic agus faicilleach 'n a sheanchas agus 'n a chaitheamh-beatha, agus 'n a shearmonaiche soisgeulach. Bu mhaith an comharradh air gu robh e air a ghairm 'n a sheann aois do'n eilean far an robh daoine eòlach air an làithean 'òige.

Tormod Mac Leòid agus a' Bhan-rìgh

Sgeul a bhàis

Baile-Mhoireil

16:6:1872.

ANNS na duilleagan Beurla air a' mhios so Atha mi an dùil gu'm bi iomradh air a dheanamh air an Ollamh Tormod Mac Leòid mar aon de luchd-togail na h-àiteibh ris an abrar Eaglais 'na h-Alba, agus mar sin bu mhaith leam iomradh goirid a dheanamh anns na duilleagan Gàidhlig air a' chàirdeas a bha eadar a' Bhan-rìgh Victoria agus e féin.

Chuir a' Bhan-rìgh Victoria seachad cuid de na làithean a bu shona 'n a beatha am Baile-Mhoireil. Bha gaol anabarrach aice air an dùthaich agus air an t-sluagh, is bhiodh fadachd oirre gus an tigeadh an t-àm anns am faodadh i gleadhraich is starum Shasuinn fhàgail gus sìth agus sàmhchair fhaotainn 'n a dachaidh Ghàidhealaich. Bha gaol anabarrach aice cuideachd air aoradh simplidh na h-Eaglais Chléireachail, agus meas mór air cuid de na ministearan a bhiodh a' dol do Bhaile-Mhoireil a shearmonachadh, ach dhiubh sin uile b'e Tormod Mac Leòid a roghainn. Anns an leabhar a sgrìobh i tha Tormod air ainmeachadh gu tric, agus daonnan le h-urram.

Baile-Mhoireil

An dara Dòmhnach 's a' Chéiteán, 1862.

“*Shearmonaich an t-Ollamh Mac Leòid; seirbhais eile cho simplidh agus cho taitneach cha chuata mi riamh. Labhair e mu thrioblaid, mu ghràdh Dhe, agus mu fhulangas an t-Slànuighir; labhair e cuideachd mu'n dòigh anns a bheil trioblaid air a beannachadh dhuinn ann a bhi a' socruchadh air cridheachan na's motha air an dachaidh shiorruidh far an coimich sinn na càirdean gaol a thugadh bhuainn. Bhean an ùrnuigh a rinn e air mo shon féin ri mo chridhe.*”

Maduinn Di-Luain chuir a' Bhan-rìgh fios air a dhòl a bhruidhinn rithe, is tha i ag ràdh gu'm b' fheàrrid i fhaicinn. Bhruidhinn i ris mu bhàs a' Phrionnsa, agus dh' innis e dhi mu sheana bhoirionnach a dh' fhuiling uiread de thrioblaid 's gu'n d' fheòraich e dhi ciamar a chaidh aice air a ghiùlan. “*Dh' fhàg bàs an duine, ars' ise, toll cho mor 'n am chridhe 's gu'n do thuit gach trioblaid eile as.*” Thubhairt a' Bhan-rìgh gu'm b'e sin a ceart shuidheachadh fhéin; gu robh àite falamh 'na cridhe nach gabhadh air bràth a lìonadh.

“*Bha mi dol do m' sheòmar 'nuair thàinig am Brùnach agus a dh' iarr e orm cead facal a ràdh rium. Thubhairt e gu'm faca e Coirneal Ponsonby; gu robh droch sgeul air tighinn mu'n Ollamh Mac Leòid, agus gu robh eagal air gu robh e marbh. O, b'e sin a' bhuille ghoirt dhòmhsa! Bha e cruaidh an duine gaolach, an duine caomhail, an duine blàth-chridheach a chall. Chaoin mi gu goirt ach dh' fheuch mi ri cumail orm, agus na deòir a chasg, is thug mi taing do'n Bhrùnach air son cho caomhail 's a dh' fheuch e ris an naidheachd bhrùnach a thoirt dhomh, naidheachd ris an bu bheag mo dhùil. Chuir mi fios air Leopold is dh' innis mi dha e, agus do mo mhathair-frithealaidh uile, ach is gann a b' urrainn sinn a chreidsinn. Thubhairt sinn ri chèile gu'm bu chall e nach gabhadh a leasachadh.*”

Bliadhna an déidh a bhàis sgrìobh a' Bhan-rìgh: “Tha e eu-comasach dhomh cunntas ceart a thoirt do dhuine eile air an duine bheannichte. Cha tuigear ach leò-san d'am b'aithne e nàdur is gnè an duine chòir. Bha fath is coibhneas 'na aodann, bha a chridhe cho blàth agus cho farsuing, a' cur thairis le gràdh is cridhealas. Cha robh duine riamh ann a bu mhò a neartaicheadh creideamh dhaoine eile na'n t-Ollamh Mac Leòid. Bha a chreideamh fhéin cho làidir, agus a chridhe cho mór 's gu'm faodadh àrd is isosal, lag is làidir, an seachranach bochd agus an duine ionraic, tighinn chuige le làn chinnt gu'm faigheadh iad cofhaireachduinn is còmhmadh uaithe. 'S ann agamsa bha an gaol air a bhi 'na chòmhradh agus air a chomhairle iarraidh. Bha tlachd mór aige ann am maise a' chruthachaidh, is gaol sònruichte aige air a dhùthaich fhéin. An uair mu dheireadh a bha e an so thuir mi ris gu robh mi dol a dh'òl uisge nan tobraichean nuair rachainn gu deas air son mo shlàinte, ach thuir esan, 's e tionndadh ri uinneig a bha sealltuinn a mach air gleann Dee,—“Bheir gaoth ghlan nam beann is sàmhchair an àite so slàinte dhuibh nach toir cunaidh sam bith eile.”



Misneach a' Chreidmhich

“*Cia dhiubh a tha e ceart am fianuis Dhe éisdeachd rìbh-se a roghainn air Dia thugaibh-se breith, oir chan urrainn duinne gun na nithean a chunnaic agus a chuala sinn a labhairt.*”—GNOMHARAN IV. 19-20.

DITHIS dhaoine ann an cùil chumhainn! Dà iasgair bhochd air beulaibh Cùrte anns an robh trì fichead agus a deich de na daoine a bu chomasaiche anns an dùthaich! Ach dh' fhaodadh Peadar agus Eoin a ràdh mar thubhairt Pol an uair a bha e féin ann an cùil chumhainn, “Sheas an Tighearn làimh rium agus neartaich e mi, agus shaoradh mi á beul an leòmhainn.”

B'è a' chasaid a rinneadh an aghaidh nan abstol gu robh iad ag ràdh gur ann le ainm agus le cumhachd Iosa a bha an duine bacach air a leigheas, an duine a bha 'n a shuidhe aig geata an teampuill. Shaoil na sagartan agus na Sadusaich nach cluinneadh iad iomradh tuilleadh air ainm Iosa an déidh dhaibh a chur gu bàs, ach a nis bha Peadar agus Eoin a' searmonachadh do'n t-sluagh gu'n d' éirich an neach so a bha air a cheusadh o na marbhaibh, agus gu robh daoine tinne air an leigheas tre a chumhachd. Na'm b' urrainn maithean na Comhairle a dhearbhadh nach robh an duine bacach air a shlànachadh idir bhiodh e furasda gu leòr dhaibh Peadar agus Eoin a chur 'n an tosd, ach cha b' urrainn daibh sin a dheanamh, oir bha an duine a bha air a leigheas 'n a sheasamh maille riu, *an fianuis a b' fheàrr air bith air taobh nan abstol.*

Sin daonnan an fhianuis as làidire air taobh a' Chreideamh Chrìosduidh, gu bheil peacaich air an atharrachadh le cumhachd Chrìosd, gu bheil peacaich a bha marbh ann an enceartan air an toirt beò agus air an deanamh 'nan solus anns an Tighearn. “An tionail daoine dearcen-fiona de'n droighionn, no figean de na foghannan?” Cha tionail; air an toradh aithnichear a' chraobh. Cha bhi Chrìosd gun fhianuisean air a thaobh cho fad 's a tha daoine air thalamh a fhuair maitheanas agus réite ri Dia tre chreideamh ann, no cho fad agus a bhios peacaich shaorta a' seinn, “Beannaich an Tighearn, O m'anam; a' mhaith dhuit t'euceartan uile; a shlànuich t' easlaintean uile; a shaor do bheatha o'n t-slochd; a shàsuich do bheil le nithe maithe.”

Ged nach b' urrainn do'n Chomhairle àicheadh gu robh am bacach air a leigheas agus cumhachd Chrìosd air fhoillseachadh ann cha robh iad air son sin aideachadh, is chuir iad an cinn ri chéile a dh' fheuchainn am aimseadh iad air binn air chor-eigin air am biodh dreach a' cheartais. Cha robh sin furasda dhaibh; chan 'eil e furasda dreach na firinn a chur air rud-air bith

anns nach 'eil an fhùrinn, no aogasg a' cheartais a chur air an eucoir. Mar sin cha d' thàinig as an cagarstaich ach amaideas agus cladh-aireachd; dh' fhàg iad a' cheist a bha air beulaibh na Comhairle gun fhuasgladh, *ach mhaoidh iad air Peadar agus Eoin, agus dh' àithn' iad dhaibh gun labhairt idir no teagasg ann an ainm Iosa.*

An uair a dh' éirich Peadar an là ud agus a sheas e air beulaibh nan seanairean anns a' Chomhairle shaoileadh tu gu robh e na bu mhotha na iad uile, an ceann is na guaillean os an cionn. Ged nach robh ann ach an t-iasgair agus iadsan 'n am pearsacha móra anns an eaglais, esan 'n a phrìosanach agus iadsan 'n am breitheamhna air, bha e mar phrionnsa am measg chumantann. Fhreagair e gu réidh duineil, “Cia dhiubh a tha e ceart am fianuis Dhé éisdeachd rìbh-se a roghainn air Dia thugaibh-se breith: oir chan urrainn duinne gun na nithean a chunnaic agus a chuala sinn a labhairt.” An uair a chuir Chrìosd a mach na h-abstoil, mar chaoraich am measg mhadadh-alluidh, thubhairt e riu, “Bheir iad thairis sibh do Chomhairlean; seadh, bheirear sibh an làthair uachdaran agus rìghrean air mo sgàth-sa, ach an uair a bheir iad thairis sibh, na bitheadh ro-chùram oirbh cionnus no ciod a labhras sibh; oir bheirear dhuibh anns an uair sin féin an ni a labhras sibh.” Tha facal an Tighearna daonnan seasmhach, agus an là ud air beulaibh na Comhairle bha gealladh Chrìosd air a choimhlonadh gu litireil do Pheadar.

Bha e duilich do Pheadar agus do Eoin dol an aghaidh na Comhairle agus dùlain a thoirt do dhaoine móra ris an robh iad a' sealltuinn suas o'n òige; daoine aig an robh seasamh is ùghdarras anns an dùthaich agus d' an robh a h-uile balach Iudhach air a theagasg urram dligheach a thabhairt; ach a nis bha àithne nan daoine sin a' dol calg-dhireach an aghaidh an coguis, agus thubhairt na h-abstoil, “Chan urrainn duinne gun na nithean a chunnaic agus a chuala sinn a labhairt.”

Tha dà ni ann a bheir daonnan an uachdar na buadhan as fheàrr ann an nàdur mhic an duine, gaol-dùthcha agus gaol-Iosa. Air son an dùthcha theid daoine an coinneamh a' bhàis gu toileach; air son an creidimh ni iad an ni ceudna. An uair a tha gràdh do Chrìosd làidir is teth ann an cridhe duine, cuiridh e a bheatha an suarachas seach a bhi neo-dhìleas dà-san;

fuilngidh eadhon boirionnaich òga is anfhann nàire is masladh is ceusadh feòla seach ainm urramach-san àicheadh no an coguis a mhùch-adh.

Bha là ann nach deanadh Peadar sin ; là anns an do thionndaidh e a chùil air Iosa ; là anns nach robh e deas gu magadh fhulang air a shon, gun tighinn air prìosan is geimhlean. An oidhche a bhrathadh Iosa chuir facal o chailleig shearbhanta air mhiapadh e, ach cha robh miapadh no eagal air air beulaibh na Comhairle a nis. Cìod a rinn an t-atharrachadh sin air Peadar ? Rinn Crìosd, a dh' fhoillsich e fèin da an dèidh aiseirigh, agus an Spiorad Naomh a dhòirt Dia air fèin agus air creidmhich eile air là na Caingis. Dh' fhaodadh Peadar a ràdh mu Crìosd mar thuir Daibhidh, " Rinn do chaomhalachd mòr mi." Oir chan e mhàin gu'n d' thug Crìosd maitheanas dha air son a neodhilsachd an oidhche ud, ach dh' earb e ris a threud air thalamh, " Beathaich mo chaoiraich." Bhris sin uile cridhe Pheadair, le briseadh a b' fheàrr na bhi slàn, air chor agus gu robh e a' faireachduinn, uile làithean a bheatha tuilleadh, gu robh e air a cheannach, corp is anam, do Chrìosd agus d'a sheirbhis. A thuilleadh air

sin fhuair e baisteadh an Spioraid Naoimh, agus fo bhuaidh an Spioraid dh' fhàs e is dh' abaich e agus an d' fhuair e buaidh, an dà chuid, air fhàillean fèin agus air an t-saoghal.

Duine a dh' éisdeas ri guth a choguis (fianuis Dhé an taobh a stigh) a roghainn air gach guth eile a bhios a' labhairt ris,—sin duine ceart agus duine sona. Eadhon an uair a chuireas an saoghal ann an cùil chumhainn e, tha e a' gluasad ann an saorsa ghòrmhor cloinne Dhé. Chan 'eil ann ach an fhìor dhaorsa a bhi daonna a' smuaineachadh cìod a their an saoghal ruinn ma ni sinn sid no so ; cìod a their an duine ud no an duine eile ! " Is ro bheag agamsa," arsa Pol, " gu'n tugtadh breith orm leibh-se, no le breith duine : is e an Tighearna a bheir breith orm." Sin saorsa a' chreidmhich, a bhi sealltuinn ri Dia is àitheantan Dhé gach uair is mionaid d'a bheatha air chor agus gu bheil breith an t-saoghail dha mar neo-ni. " Chan urrainn duinne gun na nithean a chunnaic agus a chuala sinn a labhairt." An uair a tha an cridhe air a lìonadh le eagal Dhé tilgidh sin a mach gach eagal eile. An uair a tha gaol-Iosa anns a' chridhe bheir an teanga fianuis dha, a dh' aindeòin cò theireadh e.

Cainnt an Lagha

ANNS an Tiomnadh Nuadh tha e air a ràdh gu'n do labhair Iosa na briathran so ri Peadar agus ris na h-abstòil eile, " Cìod air bith a cheanglas sibhse air thalamh, bithidh e ceangailte air nèamh ; agus cìod air bith a dh' fhuasglas sibhse air thalamh bithidh e air fhuasgladh air nèamh." (MATA xvi. 19, agus MATA xviii. 18).

Cìod a bha Iosa a' ciallachadh ? Tha sin uile gu léir an crochadh ris an dà fhacal so, *ceangal* agus *fhuasgladh*, facail a thuigeadh na daoine ris an robh e a' labhairt gu maith, a chionn gu robh iad eòlach orra ann an lagh nan Iudhach agus ann an teagasg nan sean-airean.

Bhuineadh an dà fhacal so do chainnt an lagha, agus is ann anns an dòigh anns an robh iad air an uisneachadh am measg nan Iudhach a dh' fheumar an gabhail, ma bu mhaith leinn Iosa a thuigsinn. Ann an cainnt an lagha bha na facail *ceangailte* agus *fhuasgailte* co-ionnan ri ceàrr agus ceart ; a' ciallachadh nithean a bha air an toirmeasg agus nithean a bha air an ceadachadh.

(1) A bheil e ceart do dhuine dol air thurus-mara an uair a tha an t-Sàbaid dlùth ? Bha sgoil Shammai a' ceangal so, eadhon air a' cheathramh là de'n t-seachduin, ach bha sgoil Hillel 'g a' fhuasgladh ; is e sin r'a ràdh, thoirmisg Shammai an rud is cheadaich Hillel e. (*An Talmud*).

(2) A bheil e ceart biorain a thruiseadh air là-fèille ? Bha sgoil Shammai a' ceangal so agus sgoil Hillel 'g a' fhuasgladh ; thoirmisg Shammai e is cheadaich Hillel e. (*An Talmud*).

(3) Dh' fhuasgail Rabbi Meir fion is ola a bhi air am measgadh air son duine tinn air an t-Sàbaid, is e sin r'a ràdh, cheadaich e e. (*An Talmud*).

(4) Ann an laghannan Iudhach, ann an riaghailtean nan Rabbaidhean, agus ann an cainnt an t-sluaigh (fòghluimte agus gun fhòghlum) tha na facail so a' tachairt ort gun sgur anns an t-seagh a dh' ainmich mi ; mar so,

" Dh' fheòraich e de aon duine glic is *cheangail* e e : na feòraich de dhuine glic eile air eagal gu'm *fhuasgail* e e."

" Cha d' fhuasgail iad dhuinn feannag, agus cha do *cheangal* iad dhuinn caluman. Tha na daoine glice a' fhuasgladh gach ni reamhar."

Mar so tha e soilleir gur e bha Crìosd a' ciallachadh leis na briathran a labhair e ri Peadar agus ris na deisciobuil eile,—cìod air bith a cheanglas no dh' fhuasglas sibh, gu'm biodh iad air an soillseachadh le gliocas o'n àirde air chor agus gu'm biodh am breith air cuis sam bith co-ionnan ri breith Dhé ; no, gus an rud a chur ann an cainnt eile, gu'm faodteadh beachd na h-eaglais air thalamh (a thaobh moraltachd is diadhaidheachd) a gabhail mar ghuth Dhé air nèamh. Is mòr an

rud sin ri ràdh; bu dàna do neach air bith, eadhon ged bhiodh e 'na abstol, a ghabhail air féin a ràdh, gu'n aontaich Dia air nèamh ris gach breith no binn a bheir esan a mach air thalamh. Rud dàna gun teagamh, ach cuimhnich gu bheil geallaidhean mòra agus iongantach anns a' Bhiobull a tha dol leis.

(a) *An Spiorad Naomh, a chuireas an t-Athair ann am àinm-sa, teagaisgidh e na h-uile nithean duibh agus treòraidhidh e sibh a chum na firinn uile.* (EOIN xiv. 26).

(b) *Cha sibhse a labhras ach Spiorad 'ur n-Athar a labhras annaibh.* (MATA x. 20).

(c) *Tha agaibhse ùngadh o'n Ti Naomh agus is aithne dhuibh na h-uile nithean.* (I EOIN ii. 20).

(d) *Tha esan a tha spioradail a' toirt breith air na h-uile nithean. . . . Tha intinn Chriosd againne.* (I CORINT ii. 15-16).

* * * * *

Tha eachdraidh na h-eaglais a' deanamh fianuis gu robh na geallaidhean sin air an coimhlionadh dhi, agus ann am beatha nan abstol. Fo sheòladh an Spioraid Naoimh ghabh an eaglais Chriosduidh oirre féin ann an tùs a tòiseachaidh nithean a *ceangal* a bha an saoghal (is cùrtean eile cuideachd) a' *fuasgladh*; nithean a thoirmeasg a bha air an ceadachadh, agus a cheadachadh a bha air an toirmeasg, agus tha na linntean a' toirt fianuis gu robh an eaglais, mar bu trice, ceart. Cheadaich i iomadh cleachdadh neo-chiontach a thoirmisg Maois; air an làimh eile thoirmisg i iomadh peacadh is droch chleachdadh nach robh na h-Iudhaich no na Cinnich a' saoilinn ole. Thoirmisg i sannt, is uabhar, is mi-rùn, is neo-mheasarrachd, ge b'e cò anns am bitheadh iad; dh' àrdaich i gràdh, is fireantachd, is bràithreachas, mar na subhailcan as maisiche anns an diadhaidheachd. Ann an so uile, *bha intinn Chriosd aig an eaglais*. Is e an eaglais a' sgrìobh an Tìomnadh Nuadh, agus tha coguis an t-saoghail a' gabhail ris an leabhar sin mar ghuth agus mar Fhacal Dhé, rud a tha dearbhadh gu bheil intinn Dhé air a foillseachadh le deanadas is guth na h-eaglais choitichinn; air chor agus gu'm faodar a ràdh gu bheil esan a' seùlachadh air nèamh am facal a labhras ise air thalamh.

Ach cha bhi so fìor mur bheil an eaglais a' fantuinn ann an co-chomunn Spiorad Dhé. Cho fhad agus a dh' fhanas i mar sin, agus a

bheir i urram is aoigheachd do'n Spiorad Naomh, treòraidhidh e i chum na firinn; fìor agus ceart bithidh a breitheanais. Ach mur bheil i a' fantuinn ann an co-chomunn agus fo theagasg an Spioraid Naoimh cha ruig i leas a bhi 'n dùil nach tuit i ann am mearachd, no nach toir i a mach breitheanas eucorach. Air uairean tha an eaglais air thalamh a' *ceangal* nithean nach 'eil Dia idir a' *ceangal*; is e an t-aobhar gu bheil i for riaghladh spiorad an t-saoghail an àite a bhi fo riaghladh an Spioraid Naoimh.

* * * * *

Ann an dòigh fharsuing is e an fhìrinn a tha air a teagasg anns na briathran so, gur e an Spiorad a tha a' còmhnuidh innte fear-teagaisg is fear-riaghlaidh na h-eaglais; agus gu bheil soillseachadh inntinn is coguis air a bhuileachadh, chan ann air luchd-dreuchd is oifigich na h-eaglais a mhàin, ach air na creidmheich uile gu léir, a réir an tomhais anns a bheil cridheachan glan aca, cridheachan anns am faod an Spiorad fantuinn. Air nairean tha sluagh na h-eaglais air thoiseach air luchd-dreuchd na h-eaglais; an uair a dh' *fuasglas* an sluagh an rud a tha an sagart no am ministear a' *ceangal*, faodaidh e bhith gur e guth an t-sluaigh guth Dhé. Ma thòisicheas tu air cumntas cò na daoine a bha 'nam meadhon air saobh-chreideamh is saobh-chràbhadh, air beachdan feàll mu Dhia agus mu dhiadhaidheachd fhògradh air falbh, agus beachdan reusonta a chur 'n an àite, chi thu gu robh so air a dheanamh leis na bàird cho tric 's a bha e air a dheanamh leis na sagartan, le saighdearan is feallsanaich cho mhaith ri ministearan is diadhairean. An uair a tha Dia air son adhartas a thoirt air an t-saoghal, cuiridh e smuain ann an cridhe duine air choreigin; *fuasglaidh* an duine sin an rud a bha an saoghal uile a' *ceangal*, air neo *ceanglaidh* e an rud a bha an saoghal a' *fuasgladh*; uidh ar n-uidh fàsaidh an solus ùr sin, agus lion beag is beag gabhar ris, gu mu dheireadh am bi oighreachd eòlais aig a' chloinn nach robh aig an aithrichean. Is e na daoine as urramaiche agus as feumaile anns an t-saoghal, iadsan aig a bheil buadhan a tha air an cleachdadh a chum eadar-dhealachadh a chur eadar maith agus ole; iadsan a tha a' gluasad iad féin ann an saorsa cloinne Dhé agus d' an aithne an co-chreutairean a threòrachadh a steach do'n t-saorsa cheudna.

Annas a' Chathair

IS e an dà rud as mò a tha milleadh sìth agus sonas dhaoine anns an t-saoghal so, Eagal agus Cùram. Na'n rachadh againn air na bòcain sin a mharbhadh le slachdan-draoidheachd

a bhualadh orra anns a' cheann bhiodh sin 'na sgeul aoibhneach do mhiltean do-aireamh de dhaoine agus de dhachaidhean.

Chan 'eil an t-eagal gun fheum ann am

beatha mhic an duine, ach ma smuainicheas tu air na cruthan oillteil agus air na dealbhan uamhasach a dhùisg e fa chomhair t' inntinn ann an làithean do leanabachd, agus a dhùisgeas e eadhon gus an là an diugh, chi thu nach dual do shonas dol cas ri cois ris. Tha cleamhna daonnan eadar an t-eagal agus an t-aineolas.

Tha so fìor chan ann a mhàin a thaobh nithean suarach, mar tha eagal bhòcan is thamhasg, ach a thaobh nithean as àirde, mar tha eagal Dhé. Ann an tùs a thòiseachaidh agus ann an làithean 'aineolais cha b' e eagal Dhé (tha sinn a' cleachdadh an fhacail anns an t-seagh spioradail anns a bheil e air a chleachdadh anns a' Bhìobull) a bha toirt air mac an duine a cheann a chromadh ann an aoradh, ach *geilli*. Chan e eagal Dhé a bha air, ach eagal roimh Dhia; agus is e sin tha fhathast r'a fhaicinn am measg nan treubhan sin de na cinnich air nach do ràinig eòlas na Firinn. Tha eagal aca roimh na cumhachdan neo-fhaicsinneach a tha mu 'n cuairt orra, agus a tha ag oibreachadh anns a' chruthachadh. Tha iad an dùil nach cumhachdan bàigheil iad idir, ach feartan naimhdeil is gruamach ris am feumar brosgul a dheanamh los an gean-maith a chosnadh agus am fearg a sheachnadh. A thaobh feartan nàduir, is obair a' chruthachaidh, is cùrsa an fhreasdail, bha an cinneadhaonna gu léir anns an t-suidheachadh-inntinn sin aig aon àm, agus cò is urrainn cudthrom an eagail sin a thuigsinn? Nach bu leòr an nàmhaid sin do shonas dhaoine! Ach mar a dh' fhàs eòlas dh' fhalbh an t-eagal, agus thàinig dreach a bu chaomhaile air an t-saoghal. Chunnaic daoine nach b' e fearg Urra neo-fhaicsinneach a bha anns an tàirneanach, ach rud a bha tachairt a réir laghannan nàdurra agus roimh nach ruigeadh iad a leas eagal a bhì orra. Mar so thilg eòlas a mach mìle bòcan a bha cur uamhais air daoine agus a' milleadh sonais is fois cridhe; agus a' chuid nach do thilg eòlas a mach tilgidh an gràdh. Oir tha sinn a nis a' creidsinn nach 'eil anns an t-saoghal ach aon de àitean-còmhnuidh ar n-Athar nèamhaidh; agus a chionn gur leis-san an saoghal agus gur E a tha 'ga riaghladh c'ar son a bhiodh eagal oirnn?

Mar is fheàrr a thuigeas daoine feartan a' chruthachaidh agus laghannan an t-saoghail nàdurra is ann na's bàigheile a tha iad a' fàs. Agus mar is fheàrr a thuigeas iad rùintean Dhé d'an taobh is ann na's lugha a dh' fhàsas an eagal, oir tha e air a thilgeadh a mach le gràdh. Ma tha do chràbhadh, ma ta, a' meudachadh eagail duit, faodaidh tu amharus a bhì agad nach 'eil do chràbhadh de'n t-seòrsa chèart. *Eirich is rach a dh' ionnsuidh*

t' Athar. An uair is e eagal (an àite gràidh) a' bhann a tha eadar Dia is duine chan 'eil an caidreamh sona. Is ion duinn, gun teagamh, eagal Dhé, a bhì oirnn, oir tha Dia air nèamh is sinne air an talamh; tha Dia naomh is sinne truaillidh; ach is e sin an t-eagal a thilgeas a mach gach eagal eile.

Gach uair is latha d'a bheatha tha sonas mhic an duine air a mhilleadh leis an sgàil dhorcha a tha eagal a' tilgeil air 'anam; eagal a' bhàis; eagal nan leòmhan a tha anns an t-slighe; eagal an dorchadais is uamhasan na h-oidhche; eagal easlainte no call codach; eagal nam ficheadan olc no drìodfhortan a dh' fhaodas tachairt ris. Tha mòran dhaoine air an sàruchadh na's motha le uile nach tig orra gu bràth na tha iad leis na h-uile a thàinig; eagal an ni nach tig agus nach d' thàinig a' tighinn eatorra is sonas. B'e aon de na facail a bu trice a bha air bilean ar Slànuigheir, "Na biodh eagal oirbh." B' aithne dhasan cridhe mhic an duine. Agus b'e an dòigh a ghabh e air eagal dhaoine fhògradh air falbh, an t-Athair nèamhaidh fhoillseachadh dhaibh. Car son a tha thu air do thilgeadh sior, O anam? Earb á Dia. "Tha fios aig 'ur n-Athair."

* * * * *

Tha an ro-chùram a cheart cho dona ris an eagal, a' deanamh thràilleagan agus thruaghan de dhaoine d' an d' thug Dia saorsa agus aobhneas.

Ann an tùs ar toiseachaidh tha sinn uile an dùil, co dhùiu ann an tomhas maith, gu 'n téid againn air ar cùrsa a stiùradh mar a thoilicheas sinn. Ach cha téid sinn fada air an t slighe gus am faigh sinn a mach gu bheil ailm ar beatha ann an làimh Neach eile, agus nach 'eil i idir 'n ar n-asgail-ne mar a shaoil sinn. Ma tha aon trian d' ar beatha 'n ar lámhan féin tha trì trianan nach 'eil. Agus mar sin is e ar glìocas gabhail r' ar crannechur mar a thig i gun ar suil a bhì daonnan air an oisean, no air na tha air an taobh eile dheth. Is e droch chleachdadh a tha ann, cleachdadh a mhilleas sonas is aotramas na h-inntinn, a bhì sior shealltuinn mu 'n cuairt an oisein, an dùil gu bheil bòcain ann a' feitheamh gus leum ort.

Tha cùram is cùram ann; tha uiread eadar-dhealachaidh eadar cùram agus ro-chùram 's a tha eadar an duine crionna agus an gaotharan. Tha an gaotharan gun ro-chùram a chionn gu bheil e gun chùram fhéin; a chionn nach duine e; a chionn gu bheil e a' gabhail aiseag a bheatha gun fharadh a phàigheadh, a' fàgail an uallaich air guaillean eile.

Chan 'eil dàimh air an t-saoghal cho beannaichte ris an dàimh a tha ceangal theaghlailchean r'a cheile; ach cò aig nach 'eil fhios

gu bheil an dàimh sin a' meudachadh cùram ? Cha rud dona no suarach an cùram sin ; tha e a' tighinn o ghràdh, o neo-fhéinealachd, o fhaireachduinnean a bha air an cur an cridhe mhic an duine le Dia. Ach maith 's ga bheil e bu chòir a chumail 'na àite féin. Mur deanar sin atharraichidh e a dhath uigh air n-uigh ; fàsaidh an cùram gu bhì 'na ro-chùram,

agus mu dheireadh an crìochnaich e ann am peacadh.

Duine air bith a tha air a shàruchadh leis a' phlàigh so, an ro-chùram a bhios ag éirigh 'na intinn féin, cuimhnicheadh e air an leigheas a thug an t-abstol Peadar air a shon, "*A' tilgeadh 'ur ro-chùram uile air-san ; oir tha cùram aige dhihbh.*"

"Beathaich m' uain"

CHAN 'eil teagamh nach aithne do mhóran d' ar luchd-leughaidh sgrìobhadh an duine chaoimh (b' esan sin da rìreadh) Iain Brùn a bha 'n a dhòtair an Dùn-éideann ; duine d' am faodar an t-ainm a thabhairt a thug an t-abstol air Lucas, an *Léigh gaolach*.

Gheibhear anns na sgrìobhadhnan sin àbhacas agus ghìocas saoghalta, ach gheibhear anna cuideachd àileadh de'n ghìocas a tha o shuas, agus àileadh de chomhfhurtachd an Spioraid Naoimh. Bho chionn bhliadhnanachan, le fàbhar agus gean-maith bana-charaid chòir, fhuair mi pasgan mór de litrichean an duine ghaolaich so nach robh riamh air an cur an clòdh agus nach faca stùil eile ach stùil an duine a fhuair iad bho Iain Brùn (duine a bha dha mar bha Ionatan do Dhaibhidh) agus an deidh dhomh an leughadh bha barrachd gaoil agam air an duine na bha agam roimhe, ged bu mhór mo mheas air riamh.

Air ghaol iartuis a dhùsgadh ann an daoine eile air eòlas a chur air sgrìobhadhnan an duine ghrinn bu mhaith leam a chur sìos air an duilleig so cuid de na comhairlean a thug e aon nair do phàrantan mu theagasg an cloimne. Bha e anabarrach gaolach air coin agus air cloinn ; dà dheagh chomharradh air duine air bith.

"Tha slàinte an anama ann an tomhas mór an crochadh ri slàinte a' chuirp, gu sònruichte ann an cloinn ; oir is e an corp tigh-còmhnuidh an anama, agus ma tha an tigh salach no neo-chomhfhurtachail bidh an t-anam neo-chomhfhurtachail cuideachd. Is brònach an sealladh pàisde nach 'eil sona, oir tha e neo-nàdurra. Is ion duinne a thàinig gu aois a bhi trom is dubhach air uairean, oir tha iomadh cùram is deacaireachd is peacadh ag iadhadh umainn ; ach bu chòir do chloinn a bhì daonnan a' cluich agus a' gàireachduinn, no ag itheadh agus a' cadal. Aon ni is toigh leam, pàisde fhaicinn glan anns a' mhaduinn ; a bhodhig bheag reamhar a bhi air a deagh fhailceadh le uisge glan. Rud eile is toigh leam, pàisde fhaicinn salach anns an fheasgar ; is toigh leam pàisde a chuireas na cuir dheth, a bhreabas a chasan os a chionn, agus a chumas e fhéin is daoine eile air falbh fad finn foinneach an latha.

Mar is trice is e an *stamag* a' cheud bhalla a

théid air aimhreit. Thatar a' cur tuilleadh 's a chòir innte, agus air uairean an seorsa ceàrr. Fad naoi mìosan cha bu chòir do leanabh dad fhaotainn ach bainne a mhàthar. Chan 'eil e ceart feòil a thoirt dha gus a bheil faclan aige a chagnas i, agus idir idir chan 'eil e ceart deur uisge-bheatha a thoirt dha, mur iarr an dotair e. Do stamag bheag mhaoth an leinibh tha uisge-beatha mar phuinnsean, mar dh' fhaodas e bhì 'n a phuinnsean cuideachd d'a anam neo-bhàsmhor. As uchd mhaithais, a mhàthraichean, ma bu mhaith leibh corp is anam 'ur leinibh a chumail ann an slàinte, na toiribh dha deur uisge-bheatha, agus na cuiribh 'n ur beul féin e an uair a tha sibh a' toirt na ciche dha. Cuiridh an t-uisge beatha puinnsean 'n ur bainne, agus théid sin an cuislean a' phàisde.

Bainne, brochan, im, aran, buntata, is eanbhrùich càil, sin am biadh ceart do phàisdean. Rud eile a tha anabarrach maith dhaibh, àileadh-truisg. Chunnaic mi diolacha-thruais de phàisdean, le casa caola is cuirp mhóra, is aodainn phreasach mar gu'm biodh aodann seann abhaig ; chunnaic mi iad a' fàs reamhar is dearg is làidir is sona air àileadh-threomg.

Their cuid de dhaoine ruibh gur còir casan pàisde a chumail blàth daonnan, ach na creidibh facl dheth. Chan 'eil casan leinibh air bith blàth, ma tha e slàn. Ach cumaibh a chorp blàth. Is e an t-uchd an t-àite anns a bheil an teine—inneal a' bhlaiths ; agus ma chumar connadh an sin, cuiridh e blàths air feadh a' chuirp uile. Is maith an ceann do chloinn a bhi cas-rùisgte anns an t-samhradh ; tha na brògan as fhéarr agus as saoire air bonnaibh an cas gu nàdurra.

Cìod air bith a bu mhaith leat do leanabh a bhith bi fhéin an toiseach. Ma bu mhaith leat esan fhaicinn slàn, is stuama, is firinneach, is gràdhach, is onorach, is diadhaidh, bi fhéin sin cuideachd. Ma bhios tusa leasg, is dùr, is breugach, ri meirle is drongaireachd is miònann, bidh esan coltach riut. Tha cuimhne agad cò a dh' iarr ort do leanabh a theagasg anns an t-slighe anns an còir dha imeachd. Bu cho mhaith dhuit dùil a bhi agad dearcán-fiona a thional de 'n droighionn no figean de na fogh-

annain is dùil a bhi agad ri clann mhaith, làidir, shona, fhaotainn o phàrantan leasg is olc, is athailtean a' pheacaidh 'nan cuirp.

Aon ni a dh' fhaodas sibh uile a thoirt do 'ur cloinn, a dh' aindeoin cumhannachd 'ur crannchur, 'ur n-ùrnighean; sin rud as fheàrr na òr no airgid. Rud eile a bu chòir dhuibh a theagasg daibh, ùrnuigh a dheanamh iad fhèin. O chionn ghoirid chaidh mi a shealltainn boirionnaich a bha tinn. Ann an leaba anns an tigh bha balach beag air a mhàgan fo 'n aodach. Dh' fharraid mi ciod a bha e deanamh anns an leabaidh. "Tha mi," aris' esan, "ag iarraidh

air Dia mo mhàthair a chur na 's fheàrr." Tha gaol aig Dia air ùrnuighean de 'n t-seòrsa so; d'a leithidibh so tha rioghachd nèimh.

Theab mi a dh'ichuimhneachadh facal a ràdh mu smachdachadh na cloinne. Tha mise seann fhasanta agus tha mi creidsinn gur fheàrrd am màsan beaga a bhi air am blàiteachadh an dràs 'sa rithist, ma thoilleas iad e. Ach feumaidh mi a nis sgur. An uair a thèid sibh dhachaidh 's a chi sibh 'ur clann ghaolach 'nan suain chadail an nochd, beannaichibh an cinn lurach is iarraibh air ar Slànuighear an deanamh 'nan cloinn dha fhéin."

Mu Eadar-Ghuidhe

OIDHCHE a bha Iosa agus a dheisciobuil a' dol thairis air muir Ghalile ann am bata beag dh' éirich doinnionn mhór air chor agus gu robh am bata an impis dol fodha.

Gach uair a leughas sinn an naidheachd anns an t-soisgeul tha ar n-aire air a socruchadh uile gu léir air an aon bhàta ud, ach tha an soisgeulaiche ag innseadh dhuinn gu robh bàtaichean eile còmhla rithe. Ciod a dh' éirich dhaibh-san? An uair a chaisg an Tighearn Iosa a' ghaoth agus an fhaige, an do thuit am fèath air na bàtaichean eile cho mhaith ris a' bhàta anns an robh e féin agus a dheisciobuil? Ged nach 'eil e air a ràdh air a cheann bu mhaith leam a chreidsinn gu'n do mheal na bàtaichean eile beannachdan nach d' iarr iad, agus gu robh éifeachd ann an ùrnuighean Chriosd a bha ruighinn air daoine do nach b' aithne e. Ma fhuair na bàtaichean beag eile cobhair an àm an fheuma nach bu mhór a bheannachd dhaibh sin féin, eadhon ged nach robh fhios aca ciamar a thuit a' ghaoth cho luath, no cò a bha iad 'n a chomain!

A h-uile là d' ar beatha tha beannachdan aimsireil agus spioradail a' tighinn thugainn gun iarraidh, gun chosnadh, mar thoradh nan ùrnuighean agus na saothair a tha air an deanamh as ar leth le daoine eile. Ma tha aingidheachd an aithrichean a' tuiteam gu tric air cinn na cloinne feumar a chuimhneachadh gu bheil fireantachd an aithrichean a' tuiteam orra mar an ceudna, dileab bheannaichte nach do choisinn agus nach do thoill iad a' tuiteam air cloinn sheachranach agus neo-dhleasdanach.

Faodaidh e bhith gu bheil mòran de na beannachdan a tha sinn a' sealbhachadh air an toirt dhuinn, chan ann air ar sgàth féin ach air sgàth athar no màthar dhiadhaidh a bha deanamh sior eadar-ghuidhe as ar leth; faodaidh e bhith gu bheil toradh nan ùrnuighean sin a' tighinn thugainn an uair a tha na daoine

diadhaidh a chuir suas iad 'nan laighe fo'n fhòid. Tha deacaireachd is diomhaireachd mhór an ceangal ri ùrnuigh, ris gach seòrsa ùrnuigh, ach gu sònruichte ris an ùrnuigh ris an abrar eadar-ghuidhe, is e sin, ùrnuigh as leth dhaoine eile. Ach is e ar gliocas-ne anns a' chùis so, mar ann an iomadh rud eile, greim a dheanamh air facal an *Naomh A Kempis*, "tha Dia comasach air rud a dheanamh nach tuig mac an duine."

Is deacair agus is miorbhuileach an rud e, gu'm faigheadh aon duine maith is beannachd o ùrnuigh neach eile, ach tha e fìor. Anns an Tiomnadh Nuadh tha sinn a' leughadh mu fhear air an robh am pàirlis a bha air a thoirt gu Iosa le ceathrar chàirdean, agus an uair a chunnaic Iosa an creideamh, chan e idir creideamh fear-na-pàirlis ach creideamh a chàirdean thubhairt e, "tha do pheacaidhean air am maitheadh." Uair eile thàinig Bana-Ghreugach gu Iosa, ag iarraidh air deamhan a thilgeadh a mach as a nighinn. Agus air son na thuir a màthair thilgeadh an deamhan a mach as an nighinn. Tha barrachd nithean air an deanamh air thalamh le ùrnuigh na thuigeas daoine, agus do bhrìgh gu bheil, thilgeadh e dhuinn uile ar guth a thogail a là agus a dh' oidheche ann an ùrnuigh ri Dia air ar son féin agus air son dhaoine eile. Agus ma ni sinn sin cò aige a tha fhios nach faod toradh ar n-ùrnuighean tuiteam mar an drùchd beannaichte air beatha agus crannchur dhaoine eile; cò aige a tha fhios nach tig feath mór, ann an cois ar n-eadar-ghuidhe-ne, air bàtaichean eile a tha an impis dol fodha leis an stoirm.

Tha e ceart dhuinn a bhi ag ùrnuigh gach latha air son ar teaghlaichean agus ar càirdean féin, ach cha chòir dhuinn stad aca. Bu chòir dhuinn na bàtaichean beag eile a chuimhneachadh aig cathair na tròcair, daoine nach bi ag ùrnuigh air an son féin, agus daoine aig nach 'eil dàmbich no càirdean a bhios ag

ùrnuigh air an son. Is e an t-àite mu dheireadh anns an tigeadh e dhuinn a bhi féineil, an t-àite anns am bi sinn air a gluinean ag ùrnuigh. Tha ùrnuigh an Tighearn a' teagasg so dhuinn cho mhaith ri iomadh rud eile. Chan e idir a thubhairt ar Slànuighear, "Thoir *dhomh* m' aran làitheil," ach Thoir *dhuinn* ar

n-aran làitheil," a' gabhail a steach gach duine air a bheil an t-acras.

Bha na briathran so air an sgrìobhadh le lighiche caomh, "Ma dh' éisd Dia ri m' ùrnuighean tha móran dhaoine sona air an taillibh nach fhaca riamh m' aghaidh, ach a fhuair toradh m' eadar-ghuidhe."

Obar nam Ban

IS e an creideamh Crìosduidh an aon chreid-eamh anns an t-saoghal a tha toirt àite-seasamh ceart do bhoirionnach, agus bu chòir do bhoirionnach na dùthcha so a bhi air taobh Chrìosd ged nach bitheadh aobhar eile aca air a shon sin ach gu'n d' thug e dhaibh an còraichean agus an saorsa.

Anns' an t-seann t-saoghal, ann an dùthchannan na h-àird an Ear, cha robh móran meas air mnathan, agus an diugh fhathast chan 'eil meas orra anns na ceàrnann far nach do ràinig solus an t-soisgeil. Tha iad air an cumail sìos mar thràillean, gun mheas coin orra. Faodaidh am Mohammedanach ceithir no còig de mhnathan a bhi aige, agus chan 'eil an té as fheàrr leis diubh dha ach mar bhall earnais am meas a chodach eile.

Am meas nan Iudhach bha saorsa aca nach robh aca anns na dùthchannan mu 'n cuairt, ach eadhon ann an Ierusalem cha robh iad saor is cuing, no air an cumantas cho mhaith ris na fir. Cha robh e air a cheadachadh do Iudhach bruidhinn ri boirionnach air an t-sràid ged b'e a mhàthair no a phiuthar i; agus a réir teagasg nan seanairean a bha gabhail orra féin a bhi 'nam maighstirean mhodhannan, chan fhaodadh duine seasamh na bu dlùithe do bhoirionnach na ceithir lámhan-coille. Anns an ùrnuigh mhaidne a bhiodh na fir a' cur suas, bhiodh iad a' toirt buidheachais do Dhia, "nach do rinn thu mi 'nam chinneach, no 'nam thràill, no 'nam bhoirionnach."

Bha teagasg Chrìosd a thaobh nam ban calg-dhìreach 'na aghaidh so. Cha do rinn e dealachadh air bith eadar fir agus mnathan ann an searmonachadh soisgeul na rioghachd, agus bhris e sìos am balla-meadhoin a bha eatorra, an dà chuid le theagasg agus le ghìùlan. Ghairm e mnathan gu seirbhìs Dhe cho mhaith 's a ghairm e fir, agus bha e cho deas gu labhairt mu nithean spioradail ri Muire Magdalen 's bha e ri Nicodemus. Le briathran a bheòil agus gu sònruichte le eisempler a bheatha nochd e do 'n t-saoghal "nach 'eil Iudhach no Greugach ann, saor no daor, firionn no boirionn, oir is aon sibh uile ann an Iosa Crìosd." (*Gal.* iii. 28).

An comain na saorsa a thug e dhaibh agus

am meas a chuir e orra, fhreagair na boirionnach gairm an t-Slànuigheir gu h-ualasal. Bha iad na bu chaomhaile agus na bu bhàigh-eile ris na na fir. An uair a thréig a dhèis-ciobuil e lean buidheann bhan e gu Calbhari, a' caoidh agus a' gul; agus an déigh làimhe, chaidh iad a dh' ionnsuidh na h-uaigne a dh' ùngadh a chuirp; a thairgsinn lobairt ghràidh dhasan ris an robh an cridhe an ceangal. Agus mar dhuais an dìlseachd dh' fhoillsieh Crìosd e féin dhaibh an déigh aiseirigh, m' an robh e fathast air fhoillseachadh do'n dà fhear dheug.

* * * * *

Eadhon ann an làithean fheòla bha Iosa an eisiomail obair nam ban. Bha e 'na dhuine bochd, gun chuid, gun dachaidh, agus aon uair, co dhù, gun chomas cis an teampuill a phàigheadh. Bha an dà fhear dheug bochd; air ghairm am Maighstir leig iad dhiubh an obair shaoghailta agus lean iad e air feadh na dùthcha. Faodaidh gu'n do chuir fear no dhà dhiubh, Mata an cis-mhaor is mic Shebede, beagan airgid mu seach m' an do thachair Iosa orra, ach ma bha rud aca, cha b' fhada a mhaireadh e do na deisciobuil uile. C'àite, ma ta, an d' fhuair iad an beò-shlaint? Fhuair o na mnathan a bha maille riu, agus a fhrithheil *dhaibh d' am maoin*. B'e sin a' cheud seirbhìs a rinn boirionnach anns an eaglais, agus bu mhór i.

Tha an seòrsa oibre so a' dol air aghaidh fhathast ann an Eaglais na h-Alba. Tha dlùth air leth-cheud bliadhna bho chuir am fear nach maireann, an t-Ollamh Charteris, air chois innte *Comunn nam Ban*, no mar theirear ris anns a' Bheurla, *Woman's Guild*. Coltach ris gach craobh mhór eile cha robh i so ach beag an toiseach; thòisich na boirionnach air an obair gu sàmhach is gu h-iriosal; anns a' bhliadhna 1888 cha robh aca ach trì deug ar fhichead de mheuran anns an eaglais, ach an diugh tha suas ri dà mhìle meur de'n Chomunn so innte, agus 117,221 de bhuill anna. Feachd bhoirionnach a bheireadh air Charteris leum le moit.

An ùiridh chruinnich an Comunn so £94,040 a chur air aghaidh obair an t-soisgeil aig an tigh agus anns na dùthchannan thall. Tha meuran aig a' Chomunn ann an Sasunn, anns an Fhraing, anns an Eadailt, am Belgium, anns an Eiphit, anns na h-Innsibh an Ear, an Africa, an Ceylon, agus is e a' bhann a tha 'g an cumail ri chèile, gu bheil e 'n an rùn iad féin a choisrigeadh do'n Tighearn Iosa Criosd ann an seirbhis a rìoghachd.

Tha Criosd anns an t-saoghal an diugh ann an riochd nam bochd, agus nan easlain-teach, agus nan truaghan; ann an uireasbhaidhean na feadhach sin faodaidh boirionnaich na h-eaglais a ghuth a chluinntinn, ag iarraidh orra frithealadh dhà-san. Tha e, ann dà chuid, 'na dhleasdanas agus 'na shochair dhaibh sin a dheanamh, agus ma ni iad e, ann am beag no mór, beannaichidh Dia an saothair.

A Bhan-Rìgh agus Tormod Mac Leòid

Baile-Mhoireil
An dara Dòmhnach de mhìos
deireannach an Fhoghair, 1864.

“Thug an Dotair Mac Leòid seirbhis thaitneach dhuinn. Bha an searmon briagha; cha do leugh e facal dheth, is ghluais e faireachdunnèan an t-sluaigh gu h-anabarrach. Chunnac mi an duine còir an déidh an t-searmoin is bhruidhinn mi ris mu'n uallach agus mu'n bhròn a bha 'n am chridhe, agus mu na cùraman saoghalta a bha air mo ghuailean. Chuir so car mu'n cuairt mi, ach bha esan caomhail is faireachdail, làn de'n chreideamh agus de'n dòchas sin is urrainn a mhàin comhfurtachd a thoirt do'n chridhe bhriste. 'Na shearmon thubhairt e rud a tha glé fhèor, gu'n faod sìth a bhì aig duine gun sòlas, agus gu'm faod sòlas a bhì aige gun sìth.”

Thubhairt i nach cual i riamh duine a b' fheàrr a leughadh na sgrìobturannan na e, agus gu robh na h-ùrnuighean aige cho simplidh, cho blàth, agus cho faireachdail, 's gur tric a thug iad oirre na deòir a shìleadh. Bha a' Bhan-rìgh coltach ri daoine eile, bha cho mhaith leatha ged nach leughadh ministear a shearmon. Sgrìobh i aon uair, “Bha searmon an Dotair Mhic Leòid anabarrach taitneach, gu sònruichte 'n uair a chuir e bhuaith am pàipear. Cha b' àbhaist dha a shearmon a leughadh ach 'nuair nach robh e gu maith. Bha e air oibreachadh cho goirt 's gu'n do bhris air a shlàinte.

Baile Mhoireil
An Dòmhnach mu dheireadh
de 'n Chèitein, 1872.

“Chaidh an t-Ollamh Mac Leòid an ceann na seirbhis. Thug e dhuinn searmon briagha air a' ceann-theagaisg, Gu'n tigeadh do Rìoghachd. Labhair e mu'n bheatha ri teachd agus mu

dhòchas nan naomh; bha an searmon làn gràidh is faireachdunn. Bha mi cho duilich e fhéin fhaicinn ann an droch-choltas. Chunnac mi e rithist 's an fheasgar. Thubhairt e gu robh an obair throm a' briseadh a shlàinte; nach robh mionaid fois aige eadar obair fhéin is obair na h-Eaglais agus nan Innsean; gu'm feumadh e Glaschu fhàgail air neo nach seasadh a bhodhig ris. Bhruidhinn e rium mu'n bheatha ri teachd is thubhairt e gu robh e cinnteach gu'n tugadh Dia gu iomlanachd air taobh thall na h-uaigne an nì air an do thòisich E annainn anns an t-saoghal so.”

Bha e na bu mhiosa na shaoil e fhéin no a' Bhan-rìgh. Thubhairt i nach robh dùil sam bith aige gu robh a' chrìoch cho dlùth, ged bha iomagain uime 'na cridhe 'nuair a dh'fhàg i beannachd aige an Di-Luain ud.

Baile-Mhoireil
Diluain

Cha luaithe dhùisg mi na leum sgeul a' bhròin 'n am chuimhne. Cha b' urrainn mi na deòir a chumail air an àis an uair a chuimhnich mi air mo charaid gaoil a rinn uiread air mo shon; a thug dhomh a leithid de mhìsnich agus de chomhfhurtachd ann an 1862-63-64. Bha e daonnan 'na thoileachadh dhomh fhaicinn, ach a nis chaill mi e mar a chaill mi an còrr a bha dhomh 'n an cuideachadh. Chuir mi naidheachd a' bhàis a dh'ionnsuidh a h-uile h-aon de mo chuid-cloinne; Chan urrainn mi m' inntinn a shocrachadh air rud sam bith ach an call a thàinig orm. Tha mi a' feuchainn ri dol thairis leam fhéin air na thuirte e rium, oir cha robh duine riamh anns an robh uiread earbsa agam a thaobh nithean sporadaid is iomagain cridhe; agus cha mhò a thug duine eile uiread mìsich is comhfhurtachd dhomh mu 'n chloinn. Bha earbsa cho mór aige fhéin an Dia, is bha a chridhe cho làn molaidh.”



Air Sàbaid Comanachaidh

“Thugaibh comhfhurtachd, thugaibh comhfhurtachd do mo shluagh-sa, deir 'ur Dia.”—ISAIAH XL. 1.

THA àm freagarrach ann air son gach ni; air Sàbaid comanachaidh aig bòrd an Tighearna ciod is freagarraiche dhuinn na ar n-aire a shocruchadh air Dia, Athair na tròcair agus Dia na h-uile chomhfhurtachd, a bheannaich sinn leis gach uile bheannachadh spioradail ann an Crìosd, agus a thagh sinn annsan chum gu'm bitheamaid naomh agus neo-choireach 'n a làthair-san ann an gràdh! Ciod is freagarraiche dhuinn na ar n-aire a shocruchadh air na samhlaidhean naomha a tha fa' r' comhair air a' bhòrd; samhlaidhean a tha ag innseadh dhuinn na's sòluimte na b' urrainn briathran-beòil a dheanamh mu ghràdh iongantach an t-Slànuigheir a leag sìos a bheatha air ar son-ne, chum gu'm biodh saorsa againn tre fhuil-san, maitheanas ar peacaidhean, agus dòchas sìorruidh! Aig bòrd an Tighearna chan 'eil ach aon smuain, agus aon iartus, agus aon ùrnuigh, a bu chòir a bhì 'n ar cridheachan, gu'n tugadh Dia dhuinn faireachduin shòlasach air a làthaireachd, agus a thròcair, agus air comhfhurtachd an Spioraid Naoimh, faireachduin a bheir oirnn ainm naomh féin a mholadh.

O m' anam beannaich thusa nis
an Dia Iehobhah mór
Moladh gach ni an taobh stigh dhiom
ainm naomha mar is còir.

Chan ann a dh' éisdeachd ciod a their an searmonaiche a tha daoine a' tighinn a dh' ionnsuidh a' bhùird so ach a dh' éisdeachd ciod a labhras Dia riu, agus a ghabhail ri tidhlac a ghràis a tha e a' toirt dhaibh ann an cupan na slàinte.

Gu'm biodh an Tighearn maille ruinn an diugh anns an t-seirbhis naomh so, agus gu'n labhradh e sìth r'a shluagh. Car son a tha thu air do leagadh sìos, O m' anam? Agus car son a tha thu fo bhuaireas an taobh a stigh dhiom? Earb thusa a Dia, Dia na tròcair agus Athair na h-uile chomhfhurtachd.

Thugaibh comhfhurtachd, thugaibh comhfhurtachd do mo shluagh-sa, deir 'ur Dia. Tha e ceart gu'n deanadh teachdairean an t-soisgeil sin, agus gu sònruichte gu'n deanadh iad e air Sàbaid comanachaidh, an uair a tha tarraing an Spioraid Naoimh air cridheachan dhaoine, agus a tha iarraidh annta pilleadh ris an Tighearn bho'n deachaidh iad air seachran.

Tha e ceart gu'n labhradh teachdairean an t-soisgeil gu coibhneil r' an leithidean sin, agus gu'n tugadh iad dhaibh as ùr am facal so, “Mar is beò mi,” deir an Tighearn, chan 'eil tlachd agam ann am bàs an aingidh; pillibh, pillibh, O Israel chùl-sleamhnach, léighsidh mise 'ur cùl-sleamhnachadh, agus gràdh-aichidh mi sibh gu saor.”

Ach ged tha e mar fhiachaibh air searmonaichean an t-soisgeil comhfhurtachd a thoirt do shluagh an Tighearn cho mhaith ri rabhaidhean, bhiodh e na b' fheàrr air fad na'n rannsaicheadh daoine Facal an Tighearna air an son fhéin a dh' fhaotainn comhfhurtachd an àm am feuma, oir mar is trice, is ann tre Fhacal a tha Dia a' labhairt sìthe ri cridheachan a tha fo thrioblaid. A bheil leabhar eile air an t-saoghal anns a bheil uiread comhfhurtachd 's a gheibhear anns a' Bhiobull? Tha e làn de'n chomhfhurtachd as fheàrr agus de'n chomhfhurtachd as buaine; an leabhar as priseile fo'n ghréin do luchd a' chridhe ghoirt cho mhaith ri luchd a' chridhe cheairt.

Chan urrainn searmonaiche air bith gràdh agus tròcair an Tighearn a dheanamh na's farsuinge na tha iad ann an da-rìreadh, agus na'n gabhadh e air fhéin tròcair an Tighearn a dheanamh cho beag cumhann ri chridhe beag fhéin, chronaicheadh agus bhreugnaicheadh na samhlaidhean naomha so a theagasg, oir tha iad a' cur an cèill nach ann a mhàin air son dhaoine maithe no air son ionracan a dh' fhuiling an Slànuighear ach air son pheacach. Ma tha duine air an t-saoghal an diugh cho ole agus cho aingidh 's gu'm faodteadh a ràdh uime gur e duine as mìosa anns an t-saoghal uile gu léir,—bhàsaich Crìosd air son an duine sin cho cinnteach 's a bhàsaich e air son Eoin. Sin comhfhurtachd an t-soisgeil, agus sin an soisgeul a tha an t-sàcramaid naomh so a' searmonachadh dhuinne an diugh, nach ann idir leis na h-oibribh fireantachd a rinn sinn a tha sinn air ar saoradh, ach leis an obair a rinn Crìosd air ar son.

Thugaibh comhfhurtachd, thugaibh comhfhurtachd, do mo shluagh-sa, deir 'ur Dia. Bu mhaith leam-sa comhfhurtachd a thoirt do shluagh an Tighearn an diugh, oir ma tha feadhainn an so aig nach 'eil feum oirre,

tha fhios agam gu bheil feadhainn eile ann a tha lag 'n am misneach agus 'n an creid-eamh, a' tighinn a dh' ionnsuidh a' bhùird fo eagal gu'm faod iad a bhi ag itheadh agus ag òl breitheanas dhaibh féin. Ach chan e rud air bith bhuan fhéin a bu mhaith leam a thairgsinn dhaibh, ach 'Facal seasmach an Tighearn. Agus ciod a' chomhfhurtachd as làidire na 'm facal so mu nàdur agus mu dhòighean an Tighearn ris a bheil gnothuch againn, "Cò an Dia ann a ta cosmhuil riutsa, a mhaitheas aingidheachd agus a ghabhas seachad air easaontas do shluaigh, oir, ar Dia-ne cha ghléidh e a chorruich gu siorruich do bhrìgh gur toigh leis tròcair. Pillidh e a ris; gabhaidh e truas dinn; còmhdaichidh e ar n-easaontais, seadh tilgidh e ar n-uile lochdan ann an dòimhneachdaibh na fàirge." Sin an Dia ris a bheil gnothuch againn, ach mur leòr leibh an teisteanas so a thug a sheirbhiseach Micah air, cluinnibh ciod a tha Pol ag ràdh, "An tì nach do chaomhain a Mhac féin, ach a thug thairis e air an son-ne uile, cionnus maille ris-san nach toir e mar an ceudna dhuinn gu saor na h-uile nithe?"

Ach ged is maith Pol agus ged is maith Micah tha guth eile a' labhairt ruinn an diugh, guth as buadhmoire agus is sòluimte na'n guth-san, guth an Tighearn Iosa e féin, ag ràdh ruinn, "Thigibh am ionnsuidh-sa sibhse uile a tha ri saothair agus fo uallach trom, is bheir mise suaimhneas duibh: an tì a thig am ionnsuidh cha tilg' mi air chor air bith a mach e." Sin ar comhfhurtachd làidir-ne an diugh, agus fàth ar dòchais.

Tha briathran Crìosd làn comhfhurtachd gun teagamh, ach am buin a' chomhfhurtachd so dhuinne? Ceasnaicheadh gach neach a chridhe féin, mar tha an t-abstol ag iarraidh oirm, oir cha bhuin comhfhurtachd nan sgrìobturann ach a mhàin dhaibhsan a tha cur romhpa Crìosd a leantuinn agus aideachadh. Tha 'Facal an Tighearn ag ràdh, 'Abraibh ris an ionracan gur maith a dh' éireas dha', ach tha 'Facal an Tighearn ag ràdh cuideachd, 'Is an-aobhinn do'n aingidh; is olc a dh' éireas dhasan." "Na tugaibh tabhartas dìom-

hain dhomhsa na's mò," tha an Tighearn ag ràdh, "nighibh, glanaibh, cuiribh air falbh olc 'ur deanadais as mo shealladh; sguiribh de'n olc; iarraibh breitheanas; deanaibh fuasgladh air an fhear a tha sàruichte; cum-aibh còir ris an dilleadhan; tagraibh cùis na bantraich."

An diugh agus sinn 'n ar suidhe aig a' bhòrd naomh so tha ar coguis 'g ar dteadh, agus tha lagh an Tighearna 'g ar dteadh, air chor agus na'm b' ann ris an lagh a mhàin a bha ar gnothuch gu'm faodamaid a ràdh nach 'eil dòchas no comhfhurtachd air bith anns an lagh dhuinn. Ach tha ar gnothuch ri Crìosd agus r'a shoisgeul; thàinig Crìosd do'n t-saoghal, chan ann a ghairm nam firean a tha cheana air am fireanachadh leis an lagh, ach a theàrnadh pheacach a tha air an dteadh leis ach lide de'n lagh. "Thigibh a nis, agus tagramaid ri cheile," deir an Tighearna, "ged robh 'ur peacaidhean mar an sgàrlaid; bithidh iad geal mar an sneachd; ged robh iad dearg mar chorcur, bithidh iad mar olainn." "Ma dh' aidicheas sinne ar peacaidhean, tha esan fireannach agus ceart, chum ar peacaidhean a mhaitheadh dhuinn, agus ar glanadh o gach uile neo-fhìreantachd." "Glanaidh fuil Iosa Crìosd a Mhic sinn o gach uile pheacadh."

Sin a' chomhfhurtachd a tha na samhlaidhean naomh so a' labhairt an diugh ribh-se, a luchd-comachaidh; tha iad a' cur an céill na's sòluimte na's urrainn briathran duine no aingil a dheanamh gu'n do bhriseadh corp Iosa agus gu'n do dhòirteadh fhuil air bhuir son-se; tha iad a' cur an céill gu'n do gràdhaich Dia an saoghal cho mòr 's gu'n tug e seachd a Mhac chum an saoghal a theàrnadh.

Bithidh crann-ceusaidh Chrìosd 'n a fhianuis fad nan uile linntean air coibhneas-gràidh an Tighearn. "Tha Dia a' moladh a ghràidh féin dhuinne, do bhrìgh an uair a bha sinn fhathast 'n ar peacaich, gu'n do bhàsaich Crìosd air ar son."

Sin ar comhfhurtachd làidir-ne an diugh; ciod am tobar eile as an taruing sinn comhfhurtachd ach á 'Facal an Tighearn?

Aig an Ard Chléir

SAOGHAL iongantach! An uair a thog S'mi mo shùil a' cheud là a' choinnich an Ard Chléir, a shealltainn air a' Bhan-Phrionnsa Marina a bha 'n a seasamh air an ard-ùrlair ri taobh a' céile. mac an Rìgh, cò a bha 'n a sheasamh làimh riu ach ar n-Ard-riaghlair, Ramsay Mac Dhòmhnuille agus claidheamh air a leis! Ma bu neònach biodag fhaicinn air Mac Thòmais bu neonaiche na sin claidheamh fhaicinn air Ramsay Mac Dhòmhnuille,

oir cha robh duine eile anns an dùthaich a bu lugha a rinn leis anns na bliadhnan anns an robh feum air a tharruing. Ach theagamh nach robh de fhaobhar air a' chlaidheamh na ghearradh a' chluas bhàrr Uilleam Whitelaw, na'n robh e air son a dheanamh air mar rinn Peadar air Malchus.

Rinn mac an rìgh a gnothuch féin fad na h-ùine a bha an Seanadh cruinn gu glic agus gu h-iriosal. Bha e a làthair a h-uile

latha, ag éisdeachd gu furachail ris na bha dol air aghaidh agus a réir choslais a' gabhail suim ann an obair na h-eaglais. Bha e fhéin agus a chéile uasal air an cumail gu maith driopail a' dol bho àite gu àite agus bho dhleasdanas gu dleasdanas fad nan deich làithean a bha iad an Dùn-Fideann, ach rinneadh am beatha cho coibhneil agus cho furanach 's nach b' urrainn dhaibh gun fhaicinn gu robh beannachd slugh na h-Alba air an cinn.

Bha am Moderàtor, an t-Ollamh Marshall Lang, mar bha fhios aig daoine a bhitheadh e, daonnan ciùin agus daonnan uasal 'n a ghiùlan agus 'n a bhruidhinn, ach air uairean cha robh e cho làidir no cho smachdail 's a dh' fheumadh fear-cathrach a bhith aig a bheil ri comann a chumail air sia ceud deug duine, agus trian bheag dhiubh gu maith danarra agus na's deise 'n an cainnt agus 'n an imtinn na e féin. Ach air a shon sin rinn am Moderàtor a dhleasdanas féin gu ciallach agus gu h-eireachdail : cha do ghoirtich e bràthair mall no bràthair maol le freagairt chas no gheur a thoirt orra, ach na'n robh an Ard Chléir a' coinneachadh anns an Tolbooth bhiodh e 'n a fhear-cathrach a b' fheàrr.

Is e an fhirinn gu bheil an Talla anns a bheil an t-Ard Sheanadh a' cruinneachadh tuilleadh 's a chòir mór, is tha àireamh nam ministearan agus nam foirbheach a tha dol ann ro mhór cuideachd. Ma bu mhaith le Eaglais na h-Alba riaghladh Cléireachail a bhí fo dheagh chliù am fianuis an t-saoghail, agus eireachdas an Ard Sheanaidh mar chùirt laghail agus mar chùirt dhiaidhaidh a chumail suas, feumaidh i a h-àire a thionndadh ris a' ghnòthuch so. Tha an t-Ard Sheanadh a' fàs na's coltaiche a h-uile bliadhna ri *coinn-eamh-mhór*, an seòrsa coinnimh a dh' fhaodas luchd-labhairt làidir is fhileanta a luasgadh a null agus a nall mar a thoilicheas iad, an àite a bhí 'n a cùirt a cheartaicheas cùisean gu réidh agus gu ciùin. Agus là air choreigin faodaidh an Seanadh *vote* a ghabhail ann an cabhag, agus cùis a shoeruchadh ann an teas, nach bì idir a réir imtinn na h-Eaglais.

Tha e fìor gu'm faodadh so tachairt ann an Seanadh air bith, ach tha e na's cunnartaiche gu'n tachradh e ann an Talla a tha cho duilich bruidhinn ann 's nach feuch duine air bith ri dheanamh ach daoine aig a bheil bathais làidir, ciabh is uchd leathraich, agus guth mar dhùdach.

Cha bhiodh e 'n a chall ach 'n a bhuanachd na'n robh lagh ùr air a dheanamh, buill an t-Seanaidh a ghearradh sìos gu oched ceud. Bhiodh an àireamh sin mór gu leòr, an àite na bha againn ann bhiaidhna, seachd ceud deug. Cha bhiodh de chuire air an dòigh ùr so ach nach biodh ministearan is foirbhich 'n

am buill anns an t-Seanadh cho tric 's a tha iad an dràs, ach tha mi an dùil nach cuireadh sin diomb air mórán, agus gu'm b' fheàrr leò an Seanadh a chumail an urram agus fo dheagh chliù seach iad féin a bhí ann na bu bhitheanta.

Rud eile a bu mhaith leam a ràdh. Ged tha e 'n a urram do'n Mhoderàtor a bhí air a thogail suas ann an cathair a tha os cionn nan Cléireach agus nam bràithrean eile, agus a tha 'g a dhealachadh bho gach duine anns an Talla, chan 'eil so idir freagarrach ann an dòigh eile, oir tha e duilich do na Cléirich agus do na Cinn eile faotainn thuige a chur cagar 'n a chluais, mar tha feumail air uairean. Bu chòir gu'n rachadh aig an fhear a tha anns a' chathair agus aig na Cléirich agus na Cinn a tha timchioll a' Bhuird air an comhairle a chur ri chéile gu furasda, gun àire an t-Seanaidh a tharruing orra ro fhollaiseach, ach cha ghabh so deanamh mar tha a' chathair air a suidheachadh anns an Talla an dràs. Tha i freagarrach gu leòr 'n uair tha am Moderàtor agus teachdaire an Rìgh a' deanamh am beic d'a chéile ach chan 'eil i idir freagarrach 'nuair tha am Moderator a' deanamh gnothuichean làitheil an t-Seanaidh. Anns an Tolbooth bhiodh Cléirich is seann Mhoderàtors a' sgiathalaich gun sgur air chul na Cathrach, a' cur cagar an cluais an fhir a bha imte.

* * * * *

Ged nach ann aig an Ard Chléir a tha fìor obair na h-eaglais a' dol air aghaidh ach ann an sgìreachdan agus ann an coimhthionaillean cluinnear nithean aig an Ard Chléir a bheir do dhaoiné aig nach 'eil fhios orra cheana eòlas air farsuingeachd nan crìochan anns a bheil an eaglais ag oibreachadh agus lion-mhorachd nan nithean anns a bheil làmh aice. Tha sin a' cosd mórán airgid, ach ged a bhios sinn uile ag ràdh gu bheil tuilleadh 's a chòir de bhruidhinn anns an Ard Chléir mu airgid cha ghabh sin seachnadh oir feumar airgid fhaotainn mus téid obair na h-eaglais air aghaidh. Mur toir buill na h-eaglais deachamh as an tighinn-a-steach a chuideachadh aobhar Chrìosd anns an t-saoghal chan 'eil ann dhaibh ach féin-mhealladh a bhí an dùil gu bheil iad dleasdaneach no diadhaidh. Duine air bith nach toir euid d'a mhaoin do Chrìosd cha mhò a bheir e rud air bith eile dha : cha toir e a chridhe dha.

An nìridh dh' iarr an t-Ollamh Iain White £180,000 o'n eaglais a chur suas eaglaisean anns na h-àitean sin de'n dùthaich anns an deachaidh mìltean de thighean ùra a thogail bho àm a' chogaidh. Chan e nach 'eil eaglaisean gu leòr anns an dùthaich cheana ach tha iad air am fàgail fàs, gun slugh timchioll orra, cir tha an slugh a' fàgail cùl-shràidean a'

bhaile-mhóir agus a' dol a mach gu iomall a' bhaile. Agus feumaidh an eaglais an slugh a leantuinn.

Ann an aon bliadhna bha £92,300 air a chruinneachadh air a shon so, ach tha e daonnan na's duiliche a' chuid mu dheireadh de'n airgid fhaotainn na chuid-thoisich. A thuilleadh air sin tha mi an dùil nach ann idir bho choimhthionaillean na h-eaglais a' fhuaradh a' chuid mhór de'n t-suim ud ach bho bheagan de dhaoine beartach a thug do Iain White as am mór-phailteas. Ach b' fheàrr na sin na'n tugadh slugh na h-eaglais uile tabhartas beag dha as an gainne.

* * * * *

Is e an dà mheur as cosdaile an obair na h-eaglais, pàigheadh mhinistearan agus craobh-sgaileadh an t-soisgeil an dùthchanna céin. So mar tha gach punnd Sasunnach air a roinn an measg nan cùisean anns a bheil làmh aig an eaglais.

Pàigheadh Mhinistearan	5/5 $\frac{1}{2}$
Seana mhinistearan	7 $\frac{1}{2}$
Obair an dùthchanna céin	5/8 $\frac{1}{2}$
Obair nam ban an dùthchanna céin	3/5
Obair shoisgeulach aig an tigh	1/7 $\frac{1}{2}$
Obair nam ban aig an tigh	7
Eaglaisean is Mansaichean	4 $\frac{1}{2}$
Obair anns a' Ghàidhealtachd	2 $\frac{1}{2}$
Beatha agus Obair	4 $\frac{1}{2}$
Tighean-Tearnaidh	3
Comunn na Stumachd	1 $\frac{1}{4}$
Comunn Stumachd nam Ban	1 $\frac{1}{4}$
Eaglaisean anns na Colonies	2 $\frac{3}{4}$
Obair am measg Iudhach	3
Comunn Iudhach nam Ban	2 $\frac{1}{4}$
Obair air tìr-mòr na h-Eòrpa	2 $\frac{1}{4}$
Oileanachadh mhinistearan	1 $\frac{3}{4}$
Obair am measg na h-òigridh	2 $\frac{1}{2}$

£1

Ma tha obair na h-eaglais ri bhì air a cumail air aghaidh am bliadhna agus an ath-bhliadhna mar bha i an uiridh feumaidh coimhthionaillean an t-suim so a chur do Dhùn-éideann, £528,415.

Tha eadar-dhealachadh mòr eadar aon sgìreachd agus sgìreachd eile a thaobh a' chuideachaidh a tha iad a' deanamh le obair choitcheinn na h-eaglais. Tha cuid dhiubh nach 'eil a' cur ach glè bheag de'n airgid a chruinnicheas iad do Dhùn-Eideann; tha iad 'ga chosd orra féin, air uairean 'ga chosd air comhfhurtachd agus goireasan a dh' fhaodadh iad deanamh as an eugmhais, agus a dichuimhneachadh obair na h-eaglais an àitean eile. Chan ann mar sin a bu chòir do eaglais *Chléire-achail* a cùisean a riaghladh, agus cha mhò is ann mar sin a bu chòir do luchd-leanmhuim Chriosd a dheanamh, oir tha esan ag iarraidh oirnn a bhì bràithreil agus uallaichean càch a chéile a ghiùlan.

Mar is àbhaist, b'e an là air an robh iomradh air a dheanamh air obair shoisgeulach na

h-eaglais an dùthchanna céin là-mór an t-Seanaidh; chan e mhàin gu robh Talla Mór an t-Seanaidh làn anns an là ach bha e làn anns an fheasgar, agus eaglais an Tolbooth cuideachd, le daoine aig a bheil ùigh anns an obair so agus leis am biodh e 'na nàire na'm feumadh an eaglais tarruing air a h-ais bho obair Chriosd anns na h-Innsibh no ann an Africa le cion airgid.

Gus beachd ceart a thoirt do ar luchd-leughaidh air meud is farsuingeachd na h-oibre a tha Eaglais na h-Alba a' deanamh anns na dùthchanna thall bu mhaith leam àireamh nan daoine a tha saothrachadh anns na *Missions* aice a chur sìos air an duilleig so.

Nàisinn Bhreituinn

(Fir)

	Anns na h-Innsibh.	An China.	An Africa agus an Iamaica.	Uile gu léir.
Ministearan	52	13	64	129
Dotairean	15	9	20	44
Professors agus Maighstirean-sgoile	14	1	40	55
Luchd-ceairde	2	2	31	35

(Boirionnach)

Dotairean	41	14	26	81
Ban-sgoilearan	89	19	94	202
	<u>213</u>	<u>58</u>	<u>275</u>	<u>546</u>

A thuilleadh orra sin tha naoi fichead 's a còig deug de mhnathan 'n ann missionaraidhean a dh' fhaodadh a bhì air an cumtas, oir tha iad uile a' cuideachadh anns an obair so.

Nàisinn nan dùthchanna thall

(Daoine dubha)

	Anns na h-Innsibh.	An China.	An Africa agus an Iamaica.	Uile gu léir.
Ministearan suidhichte	45	20	140	205
Soisgeulaichean	223	125	330	678
Maighstirean-sgoile	1156	82	3684	4922

Boirionnach—

Ban-sgoilearan	677	53	49	779
Banaltruman	262	133	26	421
	<u>2489</u>	<u>541</u>	<u>4532</u>	<u>7571</u>

Aireamh nan Criosduidhean anns na dùthchanna thall

	Anns na h-Innsibh.	An China.	An Africa agus an Iamaica.	Uile gu léir.
Coimhthionaillean	112	48	351	511
Aitean-coinnimh	315	108	2134	2557
Luchd-aideachaidh	13,392	8,645	135,800	361,751
Air am baisteadh an uiridh	2353	1232	20,618	24,203
Oigridh an Collais-tean agus an Sgoilean	42,564	3189	116,991	162,744
Daoine tinne a bha air curam a ghabhail dhiubh	216,069	97,156	104,330	417,555

Theagamh gu'n do labhair barrachd de mhinistearan Gàidhealach anns an t-Seanadh na chuala mise (oir cha robh mi a làthair fad na h-àine) ach chuala mi a cheathrar so a' bruidhinn ann; Dùghall Mac Phàrlain, D.D., ministear Chinn-Ghìùthsaidh, Dùghall Mac Calum, M.A., ministear Rois-cuithnidh, Alasdair Mac Fhionghuin, Ph.D., ministear Chill-mo-naomhaig, agus Somhairle Mac Neacail, an Ploc Loch Aillse. Thug an Dotair Mac Phàrlain cunntas air obair na h-eaglais anns a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan; air ghaol a dhaoine agus a dhùthaich a mholadh an éisdeachd nan Gall thubhairt e rud no dhà riu a bheireadh orra a shaoilsinn gu bheil muinntir na Gàidhealtachd na's diadhaidhe na daoine eile, agus nach 'eil dachaidh anns a' Ghàidhealtachd anns nach 'eil aoradh-teaghaich air a chumail suas. Facal dorcha agus facal duilich! Bha Mgr Mac Calum ag iarraidh cothrom is ceartas a thoirt do choimhthional na seann Eaglais Stéidhichte an Steòrnabhagh, ach bha *vote* no dhà barrachd 'na aghaidh na bha leis. Thagair an dithis eile cor nan croitearan a tha air an sàrachadh le bhì pàigheadh airgid-meas a tha ro throm orra, agus gheall an t-Ollamh I. Hutcheson Cockburn gu'n sealladh e fhéin agus a' *Committee* a tha e air a' ècann a steach anns a' chùis, ciod air bith a tha sin a' ciallachadh. An ni a théid a steach do'n bhroinn tilgear a mach do'n t-slochd shalchair e; an ni a théid gu *Committee* tilgear do bhascaid nam paipearan e.

Ach cha tilgear do bhascaid nam paipearan an cuspair eile a gheall a' cheart *Committee* ud a rannsachadh, ciod e dleasdanas na h-eaglais agus dleasdanas Chrìosduidhean a thaobh cogaidh. Sin ceist a tha beò agus gear. a' bioradh coguisean dhaoine agus a' toirt breith air smuaintean agus rùintean an cridhe. Cha robh a bheag de dheasbud air a dheanamh oirre anns an t-Seanadh am bliadhna, ach bha e 'n a thoileachadh gu robh taobh nam *Pacifists* air a chumail suas le duine aig a bheil inntinn òrdail

agus inntinn mhaith, Professor Mac Griogair, an Glaschu. Gle thric tha *Pacifists* 'n an daoine aig nach 'eil measarrachd 'n am breithneachadh no 'n an cainnt, ach tha cor an t-saoghail an diugh cho brònach 's gu'm feumar gach guth agus gach combairle a tha tairsginn saorsa bho chogadh a chluinntinn, an earalas gur e guth Dhe a tha ann. Mar sin tha e 'n a thoileachadh, eadhon do dhaoine nach 'eil iad féin 'n am *Pacifists*, gu'm biodh soisgeul nam *Pacifists* air a bhineachadh agus air a theagasg le duine ciallach grunn-dail mar tha Professor Mac Griogair. Thubhairt fear de na *Pacifists* eile anns an t-Seanadh gu'm b' fheàrr leis a bhì air an taobh bhig le Iosa Crìosd na bhì air an taobh mhóir le mucan nan Gadarach! An uair a labhrar cainut de'n t-seòrsa sin ciod is urrainn daoine ciallach a dheanamh ach an cluasan a dhùnadh agus an cinn a chromadh le nàire?

"Eiridh tonn air uisge balbh"; tachraidh sin anns an t-Seanadh an uair nach saoil thu, is thachair e am bliadhna an uair a dh' fhaighnich A. H. Dunnett, B.D., ciod a bu chiall do'n ghnothuch nach robh a' *Committee* a bha an coinneamh ri muinntir na h-eaglais Shasunn-aich a' toirt cunntais air a h-obair. Fhreagair an t-Ard Ollamh Alasdair Màrtainn gu mìn nach robh dad aig a' *Committee* ri innseadh a chionn nach do choinnich i idir an uiridh. Shaoil mi gu robh dithis anns an eaglais anns nach cuireadh rud air an t-saoghal teas, Bogle agus Dunnett, ach eadar eud is amharus leum i shuas aig Dunnett is dh' fhàs e cho teth 's gu'm b' fheudar do'n Ollamh Iain White dol 's an eadarginn, agus le teas agus gaoth 'agus tairneanach a bu mhotha chuir e as an teine beag aig Dunnett. An sin luidh a' ghaoth agus bha fèath mór ann.

Is e an dà rud as fheàrr leam daonnan aig an Ard Chlèir na sailm a tha air an seinn gach maduinn agus an t-Ollamh I. T. Cox a' leughadh nan sgrìobtur.

Ministearan Shléibhte

THEIREAR a' Chill Mhór ri eaglais Shléibhte; bha ceithir deug de mhinistearan innte bho 1609.

Coinneach Mac Coinnich (1609-)

Bhuineadh e do Thoirbheartan, is bha e air a chur innte le Easbuig nan Eileanan. Tha e coltach gu robh mórán anns an Eilean Sgithean-ach de chreideamh a' Phàpa anns na làithean ud oir bha Coinneach Mac Coinnich agus ministear an t-Sratha air an cur air am miannan gu'n tugadh iad suas ainmean nan daoine a bha leantuinn na h-eaglais Phàpanaich.

Niall Mac Fhionghuin, M.A. (1633-)

Mac bràthar do Shir Lachlan Mac Fhionghuin anns an t-Srath; bha e air oileanachadh an Oil-thigh Ghlaschu; air a shuidheachadh anns an t-Srath an 1627; as an t-Srath chaidh e do Shléibhte an 1633. Bha e pòda is bha còignear mhac aice; fear dhiubh 'n a mhinistear anns an t-Srath, fear anns an arm, agus an triùir eile 'n am fìr-baile.

Aonghus Mac Cuinn (1669-)

Mac do Ghilleasbuig Mac Cuinn a bha 'n a mhinistear an Snìosort. Bha triùir mhac agus

dà nighinn aige ; Eamuin a bha an sgrì Shléibhte an déidh athar ; Dòmhnall a bha 'n a mhinistear an Eige, agus fear eile d' am b' ainm Seumas. Phòs té de na nighean Ruairidh Mac Leòid. Fear Gheusdo, agus an t-é eile Alasdair Mac Leòid, Fear Ghrisornis.

Eamuin Mac Cuinn, M.A. (1726-)

Bha e air oileanachadh an Obar-eadhain. Bha e pòsda is bha teaghlach aige ; an déidh a bhàis phòs a bhantrach Alasdair Mac Neacail, ministear Cill-Mhoire.

Iain Mac-a-Phearsoin, D.D. (1742-1765)

Mac do Mhàrtainn Mac-a-Phearsoin a bha 'n a mhinistear anns an t-Srath ; bha e air oileanachadh an Obar-eadhain ; air a shuidheachadh ann Barraidh an 1734, m' an robh e bliadhna air fhichead. Chaidh e do Shléibhte an 1742, far an do chaochail e an 1765 agus gun e ach 'na dhuine òg, aon deug is dà fhichead bliadhna a dh' aois. Thug Oil-thigh Obar-eadhain, D.D., dha an 1761. Bha e air a chunn-tas 'n a aon de na sgoilearan a b' fheàrr anns a' Ghàidhealtachd 'n a linn. Phòs e nighean do Dhòmhnall Mac Leòid. Fear Bhearnaraidh, is bha trìuir chloinne aige. Dh' éirich fear d'a mhic gu inbhe àrd anns na h-Innsibh an Ear. is lean am fear eile e ann an eaglais Shléibhte.

Màrtainn Mac-a-Phearsoin, D.D. (1765-1812)

Mac do Iain Mac-a-Phearsoin, D.D., ministear Shléibhte. Bha e air oileanachadh an Obar-eadhain agus an Dùn-éideann ; air a shuidheachadh an àite athar an deireadh an fhoghair, 1765. Bha nighean do Lachlainn Mac Fhionghuin, Fear a' Choire, pòsda aige. Bha e 'n a sgoilear maith is thug Oil-thigh Obar-eadhain, D.D., dha an 1803. Shiubhail e an 1812. An uair a bha an t-Ollamh Mac Iain anns an eilean Sgitheanach ann an 1773 chuir e fhéin agus a ghocaman, Seumas Boswell, beagan làithean seachad còmhla ri ministear Shléibhte an Ostaig, far an robh e a' fuireach. Chòrd a sheachas riu gu maith is chan 'eil teagamh nach ann bhuaith a' fhuair an t-Ollamh Mac Iain cuid de'n fhiofrachadh neònach a chuir e 'na leabhar an déidh laimhe.

Iain Mac Fhionghuin, M.A. (1812-1825)

Mac do Dhòmhnall Mac Fhionghuin a bha 'n a mhinistear anns an t-Srath. Bha e air oileanachadh an Obar-eadhain, agus air a shuidheachadh an Sléibhte an 1812. Dh' fhàg e Sléibhte an 1825, is chaidh e do'n t-Srath an àite athar. Is ann glé annamh a gheibhear an t-athair agus am mac agus an t-ogha a' leantuinn a chéile anns an aon sgrìeachd, ach thachair sin anns an t-Srath. Bha teaghlach Iain Mhic Fhionghuin agus teaghlach a mhic,

an Dotair Dòmhnall, coltach ri teaghlach Iacob anns an dà cheum so,—bha iad lionmhor agus bha iad ainmeil.

Alasdair Mac Iomhair, M.A. (1826-1843)

Mac do Chailein Mac Iomhair a bha 'n a mhinistear an Gleann-Eilg. Bha e air oileanachadh an Obar-eadhain ; bha e greis 'n a maighstir-sgoil an Gleann-Eilg ; greis 'na mhissionaraidh an Cnòideart agus an Gleann Moireas^{an} ; air a shuidheachadh an Sléibhte an 1826. Am bliadhna an Dealachaidh (1843) dh' fhàg e Sléibhte is chaidh e do Dhòrnach, far an do chaochail e an 1852. Bha e pòsda ri, nighean do Choinneach Caimbeul, an Strannidh anns na Hearadh.

Iain Mac Iomhair (1844-1851)

Mac eile do Chailein Mac Iomhair, an Gleann-eilg (aig an robh dhà dheug de theaghlach) ; bha e air oileanachadh an Obar-eadhain ; air a shuidheachadh anns na Hearadh an 1832 ; chaidh e do Shléibhte an 1844, ach dh' fhàg e Sléibhte an 1851 a dhol do Chill Mhoire an Trondairnis. Tha e air a ràdh gu robh e anabarrach mór agus gasda 'n a phearsa, agus 'n a dhuine còir. Shiubhail e an 1869. Bha té de nighean an " Dotair Bhàin " a bha an Uidhist a Tuath pòsda aige, is bha dà dhuine dheug de theaghlach aca, ged nach tàinig cuid dhiubh gu ire. Bha sin a' tachairt gu maith tric anns na làithean ud anns an robh teaghlach-ean móra aig daoine ann an tighean beaga, bha an dara leth dhiubh a' bàsachadh 'nan leanaban.

Iain Foirbeis (1851-1863)

Rugadh e an Srath Ghlais an 1818 ; an déidh dha bhi air oileanachadh an Dùn-éideann agus cead searmonachaidh fhaotainn bho Chléir Dhùn-éideann bha e greis 'n a mhaighstir-sgoil an Cill Chuimein. Bha e dà bhliadhna 'n a fhear-cuideachaidh leis an Ollamh, Uilleam Muir, an eaglais an Naomh Stephen, an Dùn-éideann, is chaidh e do Shléibhte an 1851, far an do chaochail e an 1863, 'n a dhuine òg. Bha e 'n a sgoilear maith Gàidhlig is bha peann fir-sgrìobhaidh dheis aige. Na 'n d' fhuair e saoghal fada theagamh gu'n deanadh e obair a bhiodh air chuimhne, ach ged tha an *Gràmar Dibailt* a sgrìobh e agus *An Ministear air an Làir-mhaide* air seòrsa de chuimhne fhathast chan e an grinneas ach an neònachas a chum beò iad. Bha aon mhac aige, Alasdair, (a b' aithne dhomh gu maith an Dùn-éideann) duine ciùin caomhail agus fìor Ghàidheal aig an robh ùigh anns gach ni a bhùineadh do'n Ghàidhealtachd agus do chaint a dhùthcha. Ged nach abrainn sgoilear maith ris, anns an t-seagh anns am bu chòir am facal a bhi air a chleachdadh,

rinn e obair mhaith air a shon sin, oir bha e dìchiollach is bha ealadhain aige air nithean feumail agus nithean neònach a chruinneachadh. Chruinnich e ainmean gach àite anns an eilean Sgitheanach is chuir e mach iad ann an aon leabhar, leabhar anns a bheil ainmean Shléibhte gu sònruichte air an cumail air chuimhne. Sgrìobh e cuideachd leabhar mór anns am faighear an seòrsa ithinnich a gheibhear air ceann caorach, leabhar anns an do chruinnich e ainmean bheathaichean, is eun, is chreutairean eile, agus gach ni a leugh e riamh umpa.

Dòmhnall Dòmhnallach (1863-1869)

Uidhisteach a chaidh do Chanada far an d' fhuair e cead searmonachaidh agus far an robh e greis 'n a mhinistear. Thàinig e nall à Canada is bha e air a shuidheachadh an Truim-isgairidh, an Uidhist, an 1859. Chaidh e do Shléibhte an 1863, ach an déidh dha bhì sia bliadhna ann chaidh e air ais do Chanada far an do chaochail e an 1878.

Gilleasbuig Mac Neill (1870-1880)

Mac tuathanaich an Giogha; bha e 'n a mmissionaraidh an Cill Bhrìghde m'an deachaidh e do Shléibhte.

Alasdair Camshron (1881-1914)

Mac do mhinistear Loch Bhraon; bha e air a shuidheachadh an Gleann Garaidh an 1871; chaidh e do Shléibhte an 1881, far an do shaothraich e gus an do leig e dheth uallach na sgìre an 1914. Chaochail e am Peairt ann meadhon an t-samhraidh, 1923. Bha nighean do'n Ollamh Gilleasbuig Mac-a-Chléirich, a bha an Cill Mhàilidh pòsda aige, is bha trìuir chloinne aca. B'e an t-Ollamh Mac-a-Chléirich a' cheud fhear a sgrìobh Gàidhlig ann an leabhar na h-eaglais.

Coinneach Ros (1915-1935)

De mhuinntir Gheàrr Loch; bha e deich bliadhna am Bràcadal m'an deachaidh e do Shléibhte, ach a nis an déidh dha bhì fichead

bliadhna anns an sgìreachd tha e 'ga leigeil dheth a chionn nach 'eil a shlàinte gu maith.

AN EAGLAIS SHAOR

Cha robh an Eaglais Shaor ann an Sléibhte, no anns an t-Srath, riamh cho làidir 's a bha i ann an ceann a Tuath an eilein. Cha robh ministear de'n Eaglais Shaor air a shuidheachadh an Sléibhte gus an deachaidh Iain S. Mac Phàil ann an 1853. B' esan a chruinnich airgid a chur suas na h-eaglais. An 1873 dh' fhàg e Sléibhte is chaidh e do Chill Mhoire, agus 'n a dhéidh sin chaidh e do Bheinn-na-faoghla, an Uidhist. Bha Fionnladh Greumach, a rugadh an Machair Rois, air a shuidheachadh an Sléibhte an 1874. Bha e pòsda dà uair; á Sléibhte chaidh e do'n Oban, agus as an Oban chaidh e do Cheann-Loch-Lubh. Shiubhail e an 1899. An déidh a' Ghreumaich thàinig Uilleam Friseal an 1886, ach cha deachaidh e leis an aonadh a rinn an Eaglais Shaor ris na U. Ps. an 1900.

Cha d' fhuair an coimhthional beag a dh' fhan anns an Eaglais Shaor Aonaichte ministear dhaibh féin gu 1908, agus an sin fhéin cha d' fhuair iad ach missionaraidh a bha air a chur air leth le òrdugh na h-Ard Chléire; I. M. Friseal (1910) Uisdean Gunn (1912-1921); Dùghall Mac Gilleathain (1922-1924); D. Caimbeul (1925-1929). Cha deachaidh D. Caimbeul leis an aonadh a rinn an Eaglais Shaor Aonaichte ri Eaglais na h-Alba an 1929.

* * * * *

Tha eaglais Shléibhte an dràs falamh is tha an coimhthional a' sealltainn mu'n cuairt air son ministear ùr. Cha robh mise an Sléibhte ach aon uair riamh ach chòrd an t-àite agus na daoine rium cho mhaith agus gu'n comhairlichinn do mhinistear òg air bith a leughas an duilleag so, agus leis am bu mhaith atharrachadh fhaotainn, dol ann. Bhiodh am fear nach biodh toileach dol do Shléibhte duilich a riarachadh. Tha Eaglais mhór ghasda ann; coimhthional maith; gu leòir a dh' obair ach obair as fhìach a deanamh; agus Manse a tha cho sgiamhach 'n a shuidheachadh ri Sion féin, a' sealltainn air fonn is cuan cho àillidh 's air an do dheare stùl duine riamh.

Annas a' Chathair

AIG an àm anns an do choinnich an t-Ard Sheanadh am bliadhna bha leabhar-laoidh ùr air a chur a mach le ùghdarras Eaglais na h-Alba, agus air chosdus Chomunn a bhùineas dhi. Tha an leabhar bòidheach ri sealltainn air, cuimhir is aotrum ri làimhseachadh, agus làn de rannan agus de fhuinn a bheir toileachadh

do dhaoine aig a bheil gaol air ceòl. Chan 'eil an leabhar a' cosd ach tasdan, agus is b' fhìach do dhuine fhaotainn ged nach cuireadh e gu feum air bith eile e ach a bhì crònanaich gu beag ris fhéin cuid de na laoidhean no an uair a bhios e 'g a fhaileadh fhéin anns a' mhàduinn. Cha mhaith an comharradh e air duine mur bì

e a' seinn an uair a bhios e a' toirt dheth an feusaig no a' cur air a bhròg anns a' mhaduinn.

Mosglaidh mi féin, is éiridh mi
Gu moch chum ceòl a sheinn

Is fhada bho thòisich am fear nach maireann, Seòras Mac Aoidh a bha an Cill Fhinn, air bruidhinn air leabhar de'n t-seòrsa so a chur a mach, ach ged nach robhtar a' toirt droch mhisneach dha bha gach duine ris am bruidhneadh e 'ga sheòladh gu duine air chor-eigin eile. Sheòl mise e gu h-aon no dhà mi fhéin. Ach mu dhèireadh chaidh e fhéin agus am fear eile nach maireann, an t-Ollamh Calum Mac Gillinnein, ann an co-bheinn is thòisich iad air laoidhean a chruinneachadh a bhiodh freagarrach air son a' ghnòthuich a bha aca 's an amharc, agus is e cuid de na laoidhean sin a tha nis air an cur an clòdh. Bha iad le chéile eòlach air Calum Mac an Rothaich a bha an Tigh an Uillt, duine aig an robh eòlas maith air laoidhean agus ceòl na Gàidhealtachd, is rinn esan cuideachadh beag leò. Ach is ann air Calum Mac Gillinnein a thuit an obair cha mhór air fad. Bha seòrsa de *Chommittee* anns an dà eaglais air an cùl an toiseach, ach ged bha mise mi fhéin air *Committee* seann eagais na h-Alba chan 'eil mi an diùl gu robh i riamh cruinn, no gu'n d'thug sinn dad do Sheòras Mac Aoidh ach ar beannachd. Agus cha mhò a thug e fhéin mórán do Chalum Mac Gillinnein ach misneach is eud is dian-thogradh ann an obair mhaith.

Chruinnach Calum Mac Gillinnein mórán laoidhean; cuid dhiubh á leabhraichean a tha furasda gu leòr am faotairinn; cuid dhiubh á leabhraichean a tha gann, agus cuid eile a bha air an cur thuige le daoine a b' aithne dha anns na h-Eileanan an Iar gus a bhi air an cur anns an *Fhianuis*, air an robh e 'na fhear-deasachaidh. Bha gealltanais aige bho Chomunn Gàidhealach na h-eaglais gu'n tugadh iad gnùis dha anns an obair a ghabh e air féin, agus los nach biodh an obair sin air a call no air a dèchumhneachadh, an uair a chaochail an duine caomh, dh' iarradh air an Urramach Calum Mac Leòid, M.A., Eaglais Iain Knox, an Glaschu, dol ann an co-bheinn ri Raibeart Mac Leòid a bha cur nam fonn air dòigh, agus an leabhar ullachadh air son a' chlòdh.

Mu shaothair Raibeart Mhic Leòid, a rinn cuid de na fuinn as ùr, agus a rinn atharrachadh air cuid eile de sheann fhuinn ris an robh na laoidhean air an seinn, chan 'eil mise 'n am bhreitheamh cothromach oir chan 'eil mi suas ri ceòl. Ach faodaidh mi a ràdh gu'n cuala mi e fhéin a' seinn cuid dhiubh agus gu'n do chòrd iad rium gu maith, agus a thuilleadh air sin thubhairt ban-charaid rium (a tha na's fheàrr air ceòl na tha i air Gàidhlig) gur e na fuinn a tha cur maise air an leabhar.

Ach ciod air bith mar tha sin, rium Calum Mac Leòid a chuid fhéin de'n obair so gu grunn

cùramach; bha an leabhar air ullachadh air son a' chlòdh gu cothromach, agus air a litreachadh cho ceart 's nach toir e oibheum do'n t-sùil as bioraiche.

Tha ochd deug is tri fichead ann de laoidhean Gàidhlig, agus mu dhà fhichead de laoidhean a bha air an tionndadh o'n Bheurla. Am meas nan laoidhean Gàidhlig gheibhear feadhainn le Gobha na Hearadh; le Iain Mac Ailein, bàrd Thighearna Cholla; le Pdraig Gramnd; le Dùghall Bochanan; le daoine a tha beò fhathast; laoidhean á Carmina Gadelica; agus laoidhean gun urrainn.

Tha a' Bheurla air tolladh a stigh cho làidir ann an aoradh na h-eaglais anns a' Ghàidhealtachd an diugh 's nach 'eil dòchas air bith agam gu'm bi an leabhar-laoidh so air uisneachadh air an t-Sàbaid, ach faodaidh e bhi feumail gu leòr air a shon sin agus toileachadh a thoirt do mhóran dhaoine. Bhiodh e anabarrach freagarrach ann an sgoil-chiùil. Tha na sgoiltean-chiùil fhéin air dol á fasan an diugh; chuir an W.R.I. agus an dannsadh agus an labhransith iad fhéin agus na sgoiltean-oidhche a mach air a' mhuir, no do'n mbonadh, ach na'n robh Niall Mac Gilleasbuig no Dòmhnall Mac Eacharna beò fhathast ann an Tìriodh, chuirinn dà fhichead de'n Laoidheadair so do eilean mo dhùchais gu bhi air uisneachadh ann an sgoil-chiùil anns a' gheamhradh. Ma tha duine eile ann an eilean as urrainn ceòl a theagasg, agus leis am bu mhaith na fuinn ùra so ionnsachadh agus a theagasg do'n òigridh chan 'eil aige ach fios a chur thugam gu'n téid e air cheann sgoil-chiùil anns a' gheamhradh, is cuiridh mi thuige na leabhraichean.

Ged nach 'eil mise 'n am sheinneadair agus ged nach cluich mi fidheall no clàrsach, no eadhon tromb, is toigh leam sealltuinn air ainmean nam fonn so air an duilleig agus fuaim nam facal a chluinntinn. So cuid de na h-ainmean a tha air na fuinn ùra; *A' Chonghail; Am Bail' Ur; Ant-Ob; Baile na Cille; Bhalto; Bràcadal; Bun-easain; Cruachan; Eilean Cholla; Eisdeal; Peaball; Ròdul; Tigh an Uillt; Tìriodh; Tunga.*

Ann a bhi deanamh ionraidh air an leabhar so tha aon smuain 'n am chridhe gun falbh as, duilichinn nach robh an dà dhuine ud, Seòras Mac Aoidh agus Calum Mac Gillinnein, a bha le chéile cho dealasach agus cho dìleas ann an seirbhis na h-eaglais agus ann an aobhar na Gàidhlig, air an caomhadh gus am faca iad an leabhar so air a chur a mach le ùghdarras Eaglais na h-Alba. Nach saoil mi gu bheil mi 'a faicinn an othail a bhiodh air Seòras Mac Aoidh, agus a' cluinntinn na h-òraid a liubhradh e anns an Ard Sheanadh!

Gabhaidh an leabhar faotainn bho 121 Sràid Sheòrais, an Dùn éideann, no bho 232 Sràid an Naoimh Vincent, an Glaschu.



Maitheanas pheacaidhean

“ O na dòimhneachdaibh ghlaodh mi riut, a Thighearna ; ma chomharraicheas tusa aingidheachd, a Thighearna, cò a sheasas, ach maille riut-sa tha maitheanas.”—SALM CXXX.

THA an t-salm so cho ùr agus cho beò 's a bha i an là a rinneadh i a chionn gu bheil i a' cur cainnt air faireachduinean agus iarrtusan a tha ann an cridheachan nan uile dhaoine anns a h-uile linn. Tha an Salmadair ag imseadh dhuinn fiosrachadh anna féin, agus dùisgidh a bhriathran comh-fhreagrachd ann an cridheachan dhaoine eile a bhlais, mar rinn esan, tròcair agus maitheas Dhe. Chan 'eil e iongantach, ma ta, gu'm biodh oisean blàth aig an t-salm so an cridhe na feadhnaich a bha an daorsa ach a fhuair saorsa bho Dia, a bha aon uair 's an dorchadas ach a fhuair solus.

Anns an t-salm so tha an Salmadair a' gairm air na linn-tean uile, Thigibh agus éisidibh ciod a rinn Dia air son m' anna.

Bha e ann an éiginn anama, gun fhios aige ciod an taobh an tionndadh e, no ciamar a gheibheadh e cobhair. 'Na eiginn ghlaodh e air Dia, ach cha luaithe a rinn e sin na thàinig an smuain thuige nach éisdeadh Dia ri ùrnuigh peacaich. Chuimhnich e air naomhachd Dhe, agus air truaillidheachd a chridhe féin, agus thàinig crith 'n a fheòil. “ Ma chomharraicheas tusa aingidheachd, a Thighearna, cò a sheasas 'n ad làthair ? ” Cha seas neach beò. Na'n tugadh Dia luigheachd dhuinn air son ar peacaidhean cha rachadh eadhon aon as a' mhìle as. Na 'm b' fheàrr le Dia peacaich a pheanasachadh seach a theàrnadh bhiodh na h-uile gun dòchas.

Chuir an smuain so cagal air an t-Salmadair, ach air dha cnuasachadh car greis 'n a imtinn air obair agus rùintean Dhe thilg e a mach as a chridhe an droch amharus a bha e a' gabhail air Dia. Thubhairt e ris féin nach robh anns an amharus ud agus anns an as-creideamh ud ach cagar o Shàtan, nàmhaid Dhe a tha daonnan a' feuchainn ri sgaradh a dheanamh eadar Dia agus clann-daoine. Chan 'eil Dia, ars' esan ris' féin, cruaidh no an-ìochdmhor ; tha e caomhail agus truacont, is bheir e maitheanas do'n aingidh. Dhùisg an smuain so dòchas ann an cridhe an t-Salmadair ; dh' fheith e le foidhid mhàith ri Dia is dh' éisd Dia ri ùrnuigh. Thug e maitheanas dha, is chuir e òran nuadh 'n a bheul, air chor agus gu bheil an t-salm so a' crìochnachadh le moladh ged thoisich i le caoidh.

Sin na smuaintean a bha ann an cridhe an t-Salmadair an uair a sgrìobh e an laoidh so. Tha i làn de spiorad agus de àileadh an t-soisgeil, oir tha i a' toirt dearbhachd do pheacaich gu bheil Dia tròcaireach agus nach diùlt e maitheanas a thoirt do pheacaich.

I. *Creideam ann am maitheanas pheacaidhean.* Tha àite air a thoirt do'n fhìrinn sin ann an Creud nan Abstol ris a bheil gach meur de'n eaglais Chrìosduidh a' gabhail. Tha na h-abstoil de'n aon imtinn air a' chùis ; cha b' urrainn dhaibh a bhi air atharrachadh, oir chual iad le'n chlasan Crìosd ag ràdh gu bheil ùgh-darras aig Mac an duine peacaidhean a mhaith-eadh, agus chunnaic iad le'n sùilean feadhainn ris an dubhairt e. Tha do pheacaidhean air am maitheadh dhuit. Ged nach do làn thuig iad iomadh rud eile air an do labhair e riu cha b' urrainn dhaibh mearachd a dheanamh anns an rud so, oir thàinig e thairis air cho tric agus labhair e uime ann an dòigh shoilleir shimplidh.

An uair a dh' innis e dhaibh an cosmhalachd ud mu'n mhac amaideach a dh' fhàg tigh athar agus a thuit ann an clàbar tiugh a' pheacaidh an dùthaich chéin, ach ris an do ghabh athair gu caomhail an uair a thàinig e dhachaidh 'n a thruaghann, bu mhaith leis gu'n tuigeadh iad o'n naidheachd gur ann mar sud a tha Dia a' gabhail ri peacaich sheachranach.

An uair a dh' innis e dhaibh mu'n chis-mhaor a rinn ùrnuigh anns an teampull bha e air son an fhìrinn cheudna a theagasg dhaibh. Ann an aon fhacal, tha an teagasg so mu mhaitheanas pheacaidhean air a sgrìobhadh anns an Tiomnadh Nuadh ann an litrichean cho mòr agus cho soilleir 's nach urrainn neach air bith a leughas an Leabhar gun fhaicinn.

Ach ged tha am Biobull a' teagasg gu'n toir Dia maitheanas do pheacaich aithreachail, agus ged tha e 'n a chomhfhurtachd mhòr domhlèan de dhaoine gu'n do chuir Dia foluch air an cionta, chan 'eil e idir furasd a ràdh ciod a tha maitheanas pheacaidhean a' ciallachadh. Tha e duilich a ràdh ciod a tha tachairt an uair a bheir aon duine maitheanas do dhùine eile a rinn rud-eigin ceàrr air, ach tha e na's duiliche air fad a ràdh ciod a tha tachairt 'nuair is e Dia a tha toirt maitheanas do'n chreutair.

Ann an aon seagh tha maitheanas a' ciallachadh nach bi an neach a thoill peanas air a pheanasachadh air son an uile a rinn e, no a' faotainn a thoillteanais. Ach tha maitheanas a' ciallachadh tuilleadh is sin. Faodaidh tu gun peanas a dhioladh do dhuine a thoill e, ach fhathast gun maitheanas a thoirt dha. Agus faodaidh tu maitheanas a thoirt dha agus a pheanasachadh aig a' cheart àm. An uair a tha duine a' toirt maitheanas do charaid no do choimhearsnach a rinn cron air, leigidh e fhaicinn dha nach eil an t-seann dàimh a bha eatorra air a briseadh, agus nach ruig e a leas eagal a bhi air nach bi iad cho gaolach air a chéile 's a bha iad roimhe. Is e gath an uile gu bheil e a' deanamh sgaraidh eadar duine agus duine, a' togail amharuis agus a' dùsgadh fuachd. Tha am peacadh a' deanamh a' cheart ni eadar Dia agus an duine. Ach an uair a tha Dia a' maitheadh ar cionta tha e, mar gu'm b' eadh, a' briseadh sìos gach balla-meadhoin a tha eadar e féin agus sinne, a' togail dearadh a ghnùise oirnn as ùr, agus 'g ar tarruing d'a ionnsuidh féin ann an caidreamh mìlis anns nach 'eil eagal no amharus.

Tha e nàdurra do anam an duine dàimh chàirdeil agus co-chomunn dlùth a bhi aige ri Dia, ach tha am peacadh a' milleadh agus a' briseadh a' cho-chomunn sin. Ach 'nuair tha Dia a' toirt maitheanas do'n pheacach tha an seann chàirdeas air a shlànachadh; tha an t-anam a' faotainn misnich gu bheil cùisean eadar e féin agus Dia mar bu chòir dhaibh a bhith. Tha e a' faireachdainn gu bheil réite aige ri Dia, agus cumaidh an faireachdainn sin e ann an co-chomunn Dhe gu taingeil agus gu sòlasach.

II. Ged is àill le Dia maitheanas a thoirt do na h-uile tha e fìor nach 'eil na h-uile 'g a' fhaotainn. Car son nach 'eil? Faodar a bhi cinn-teach nach 'eil claon-bhàigh aig Dia ri neach seach neach eile, agus gu bheil e a' riaghladh ann an ceartas. Tha Facal Dhe ag innseadh dhuinn gur e iadsan a ni aithreachas a gheibh maitheanas, is tha ar coguis nàdurra ag aontachadh ria an teagasg. Chan e mhàin nach toir Dia maitheanas do pheacaich neo-aithreachail ach cha bhiodh maitheanas chum buannachd air bith dhaibh ged gheibheadh iad e. Sin an t-aobhar nach 'eil na h-uile a' faotainn maitheanas. Chan 'eil iarraidh aca air; cha do ghlaodh iad riamh ri Dia o na dòimhneachdaibh.

Cha toir Dia gu bràth maitheanas do neach air bith aig nach 'eil faireachdainn air a chionta féin. Gus am bi do chionta air a dhearbhadh ort, agus do choguis agus do chridhe air an leòn cha tig maitheanas no misneach thugad o'n àirde. Ach ma tha Dia a' faicinn comharradh sam bith ann an duine gu bheil nàire air air son a' pheacaidh a rinn e, agus gu bheil e ag aideachadh a chionta gu saor, bheir e maitheanas

gu pailt agus cuiridh e foluch air a chionta. Thoir an aire ciod a tha Facal Dhe ag ràdh (1 Eoin, 1, 9) *Ma dh' aidicheas* sinn ar peacaidhean tha esan fìrinneach agus ceart, chum ar peacaidhean a mhaitheadh dhuinn, agus ar glanadh o gach uile neo-fhìreantachd.

Ged nach duine Dia tha Dia a' deanamh ruinn mar a dheanadh duine maith ri cho-chreutairean. An uair a chi duine maith gu bheil a bhràthair ag aideachadh a chionta gu saor, gun foluch a chur air agus gu a lethsgèul a ghabhail, cuiridh e as an t-sealladh cionta an duine sin. Iarraidh ar coguis oirnn cothrom a thoirt d'a leithid sin de dhuine, agus do bhrìgh gu bheil gràdh is ceartas is caomhalachd Dhe na's àirde na ar coguis-ne bheir e dha maitheanas na's deise agus na's pailte na bheir sinne. Is e ainm an Tighearn, "An Tighearn Dia, iochdmhor agus gràsmhor, fad-fhulangach, agus pailt ann an coibhneas agus ann am fìrinn" (Exod. xxxiv.).

III. Chan 'eil maitheanas a' ciallachadh nach fùling agus nach diol am peacach anns an t-saoghal so air son a pheacaidhean. Chan 'eil fhìos againn ciod a thachras anns an ath shaoghal, ach faodaidh e bhith gu'n diol eadhon na naoimh air son gach peacaidh a rinn iad anns an fheòil. Air son na de fhìos againne faodaidh mìltean do-àireamh de bhliadhnachan dol seachad m'an ruig cuid de na naoimh an ìre spioradail a ràinig cuid eile cheana aig uair am bàis. Ach ciod air bith a thachras air taobh thall na h-uaigne tha e fìor gu'm buain am peacach anns an t-saoghal so an ni a chuir e, co dhiu a fhuair e maitheanas o Dhia no nach d'fhuair. Ma bha duine 'n a dhrongair, no ma thug e ana-cothrom d'a chorp féin air dhòigh eile, cha ghlan aithreachas fhuiil, agus cha slànuih trócair Dhe a ghrithan no àirnean. Tha a thuarasdal féin an cois gach peacaidh, a réir òrdugh Nàduir, agus cha ghabh e seachnadh. Cha toir maitheanas Dhe ar peacaidhean air falbh bhuainn mar nach do rinn sinn gnìomh peacach riamh. Fàgaidh eadhon am peacadh a bha air a mhaitheadh dhuinn le Dia a làrach 'na dhéidh, agus gu là ar bàis, is misde sinn e, oir gheibh sinn annainn féin na droch thograidhean a dh' fhàg e. Ach tha maitheanas Dhe ag atharrachadh beatha duine anns an t-seagh so, gu bheil e a' faotainn réite ri Dia agus co-chomunn ri Dia, agus giùlainidh an t-aithreachan peanas a pheacaidhean gu toileach, ma tha fiosrachadh aige air an réite sin agus air a cho-chomunn sin 'na anam.

IV. An uair a tha neach a' faotainn maitheanas o Dhia tha e 'n a chreutair nuadh. Tha a smuaintean air Dia agus air fhéin ag atharrachadh gu buileach. Tha e mar neach a fhuair teisteanas gu bheil earbsa aig Dia as agus

dùisgidh sinn dilseachd is eagal diadhaidh 'n a chridhe air chor agus gu'm bi e a' fàs na's airidhe air an earbsa a chuir Dia ann. Oibrichidh maitheanas Dhe naomhachd ann. Leaghaidh caomhalachd agus maitheas Dhe cruas a chridhe, is dùisgidh iad taingéalachd ann a bhrosnuicheas e gu seirbhis a dheanamh do'n Tighearn le uile chridhe.

Feumaidh sinn uile a ràdh gu'n do pheacaich sinn an aghaidh Dhe. Ciod am milleadh a

rinn ar peacaidhean air ar beatha cheana, chan urrainn sinn a thomhas; ciod am bròn cridhe a dh' aobharaicheas iad dhuinn anns na bliadhnanachan ri teachd, is ann aig Dia a mhàin tha fhios. Ach is fheàrr smachdachadh le maith-eanas seach suaimhneas gun réite ri Dia.

O'n dòimhne, o Iehobhah Dhe,
Do ghlaodh mi riut-sa suas;
Dhia, éisd ri m' ghuth gu furachar,
'S ri m' ùrnigh crom do chluas.

Ministearan Ullabul

ANS an àireamh mu dheireadh bha iomradh air a dheanamh air ministearan Shléibhte, a tha gun mhinistear ann dràs. Anns an àireamh so bu mhaith leam aire mhinistearan òga Gàidhealach a tharruing gu eaglais agus coimhthional gasda eile a bhiodh toilichte ministear maith fhaotainn, Ullabul, an Cléir na Cananaich agus Inbhir-pheofharan.

Tha sgrì Ullabul ion-mhiannaichte air iomadh dòigh. Tha coimhthional maith ann agus obair gu leòir do mhinistear òg is éagsaidh; coimhearsnaich choibhneil aig a bheil ùgh ann an obair na h-eaglais; sgoil mhaith agus gach goireas eile a tha daoine ag iarraidh an diugh, petrol agus cigarette an dorus.

Chan 'eil a bheag de bhaitean anns a' Ghàidhealtachd as bòidheche na Ullabul, aon de na bailtean a bha air an suidheachadh le Bòrd an Iasgaich mu'n bhliadhna 1788. Ged chuir na tràlairean teicheadh air an sgadan a b' àbhaist a bhì tighinn a steach do'n loch, as am biodh daoine a' toirt am beò-shlàint anns na seann làithean, tha seòrsa eile éisg air Ullabul a ruighinn a nis, sgoath de Shasunn-aich agus de luchd-siubhail a tha maith dh' fhaoidte cho buannachdail do'n àite ri sgadan, no runach. Ach ma dh' fhalbh an sgadan, cha d' fhalbh an loch maiseach, no Beinn Mhór Chòigeach, no Aird Mhèara, no na h-Eileanan Samhraidh; tha iad sin mar bha iad riamh, a' toirt solais do'n t-sùil agus do'n chridhe. Na'm faighinn-sa mo mhiam an diugh fhéin, bu shòlasach leam am feasgar a chur seachad 'n am shuidhe air an fheur air rudha beag aig Aird Mhèara, a' sealltuinn a null gu eilean Mhàrtainn agus Beinn Mhór Chòigeach.

Chan e seann sgìreachd a tha ann an Ullabul; chan 'eil innte ach crioman a bha air a ghearradh á sgrì Loch Bhraoin. Bha naoi ministearan ann an seann eaglais na h-Alba bho na bha a' cheud fhear air a shuidheachadh an 1829.

Alasdair Ross, M.A. (1829-1855)

Bhuineadh e do Ionar-nis; bha e air oileanachadh an Obar-eadhain; air a shuidheachadh an Ullabul mar mhissionaraidh an 1819, agus mar mhinistear an 1829. Chaochail e an 1855.

Tearlach Mac Gill-eathain, M.A. (1856-1868)

Collach a bha air oileanachadh an Obar-eadhain; air a shuidheachadh an Ceann Loch Lùichart an 1854, agus an Ullabul an 1856. Dh' fhàg e Ullabul an 1868, is chaidh e do na Hearadh, far an do chaochail e an 1880. Phòs e nighean do Alasdair Mac Coimnich a bha 'n a mharsanta an Ullabul, is bha aon duine deug cloinne aca, ach shiubhail cuid dhiubh 'n an leanaban.

Padruig Robasdanach, M.A. (1869-1871)

Bhuineadh e do Obar Neithich; bha e air oileanachadh an Obar-eadhain, agus air a shuidheachadh an Ullabul an 1869. An déidh dha bhì dà bhliadhna an Ullabul chaidh e do Eaglais Ghàidhlig Ionar Nis; á Ionar Nis chaidh e do Chill Mhóraig an 1874, agus á Cill Mhóraig do Chill Bhride an Arain, an 1883, far an do chaochail e an 1913. Bha e pòsda agus bha aon mhac aige.

Seumas Grandd, M.A. (1871-1878)

Rugadh esan cuideachd an Obar Neithich; bha e air oileanachadh an Obar-eadhain agus air a shuidheachadh an Gleann Comhann an 1870; chaidh e a dh' Ullabul an 1871, ach dh' fhàg e Ullabul an 1878 a dhol do Chill Mhoire anns an eilean Sgitheanach. Shiubhail e an 1906.

Joseph Mac Aonghuis (1878-1883)

Sgitheanach a bha air oileanachadh an Glaschu; bha e 'n a mhissionaraidh an Ard-driseig; am Baile Bhòid; am Port-rìgh; agus an Arasaig. Bha e air a shuidheachadh an Ullabul an 1878. Shiubhail e an Ionar-pheofharan an 1883.

Aonghus Dòmhnallach, D.D. (1884-1890)

Uidhisteach a bha air oileanachadh an Glaschu; an déidh dha bhi greis 'n a mhission-araidh an Càirinnis agus am Beinn-na-faoghla bha e air a shuidheachadh an Ullabul an 1884. An 1890 chaidh e do Chill Iùrnan far an do chaochail e o chionn dà bhliadhna. Bha e pòsda dà uair; bha dìthis mhac aige o'n cheud mhnaoi, agus aon mhac is triùir nighean o'n dara tè. Bha e anabarrach eireachdail 'n a phearsa, agus 'n a shean-chaidh agus 'n a fhear-eachdraidh cho maith 's a bha anns an Taobh Tuath gu léir. Fad iomadh bliadhna bha e 'n a chléireach an Cléir na Cananaich. Thug Oil-thigh Ghlaschu, D.D. dha car annoch 'n a bheatha. Chuir e fhéin agus an t-Ollamh Gillesbuig Dòmhnallach, an Cill Taraghlain, a mach leabhraichean móra fiachail a rinn iad còmhla mu eachdraidh agus mu bhàrdachd Chloinn Dòmhnall.

Aonghus Dòmhnallach, M.A. (1891-1913)

Rugadh e an I Chalum Cille an 1865 (bràthair do Cholla Dòmhnallach, D.D., an Lagan-ràit); bha e air a shuidheachadh an Ullabul an 1891; à Ullabul chaidh e do Eige an 1913. Shìubhail e an Glaschu an 1917. Bha e 'n a mharairche cho rucasach 's a shuidh riamh air stiuir.

Seumas Alasdair Dòmhnallach (1913-1919)

Mac do mhinistear Methodach a rugadh ann an Sasunn; bha e bliadhnachan 'n a mhissionaraidh anns na h-Innsibh an Ear, agus 'n a mhinistear Methodach an àite no dhà an Sasunn. Fhuair e a steach do Eaglais na h-Alba an 1908, is bha e air a shuidheachadh an Ullabul an 1913; dh' fhàg e Ullabul an 1919, is chaidh e a dh' Arasaig, ach leig e dheth an sgrì sin an 1925. Bha e pòsda, is bha triùir chloinne aige, nighean a phòs mac do'n

Ridire Tomas Mac Coinnich, a bha 'n a àrd-riaghlair an New Zealand, agus dà mhac a chaidh do'n arm. Bha peann fir-sgrìobhaidh dheis aige, is chuir e treathlaich mhaith an clòdh de rudan beaga.

Uilleam U. Mac-an-Aba, M.A. (1920-1929)

Mac maighstir-sgoile an Cill Mhoire, anns an eilean Sgitheanach; bha e air oileanachadh an Cinn-ghiuithsaich agus an Oil-thigh Ghlaschu; agus air a shuidheachadh an Ullabul an 1920. An 1929 chaidh e do sgìreachd Chalman Eala, an Cinn-tìre, far a bheil e a nis a' saothrachadh.

* * * * *

AN EAGLAIS SHAOR

Lean a' chuid mhór de'n t-sluagh an Eaglais Shaor an 1843, ach m'an robh an eaglais Shaor leth-cheud bliadhna a dh' aois thòisich i air dol 'n a bloighean anns a' Ghàidhealtachd, an toiseach an 1893, an sin an 1900, agus a ris an 1929. An iomadh baile beag anns a' Ghàidhealtachd cha mhór nach 'eil uiread ainmean air eaglais Chrìosd 's a tha air an naosg, an eaglais Steidhichte, an eaglais Shaor, an eaglais Shaor Chléireachail, an eaglais Shaor Aonaichte, agus iad uile de'n aon stoc.

So ainmean nam ministearan a bha anns an eaglais Shaor bho 1844 gus an uiridh, agus 'a bhliadhna anns an robh iad air an suidheachadh innte.

Seoras Mac Leòid, (1844)

Ian Mac Mhaolain (1872)

Alasdair Mac Gille-sheathanaich, B.D. (1905)

Calum Mac Leòid (1914)

Dòmhnall Iain Mac Aonghuis (1927)

Annas a' Choille Bheithe

ANNS an òran a rinn an duine caomh, An t-Athair Ailean Dòmhnallach nach maireann, tha e ag ràdh,

Ged a gheibhinn-sa mo thagha.
B'e mo rogha de'n Fòrpa
Aite-tuinidh an cois na tuinne
An Eilean grinn na h-Oige:
Lom e dhuilleach, lom e mhanran,
Lom e churachd eòrna,
Air a luimead gura lurach
Leamsa a h-uile fòd dheth.

Cò an dara eilean as luraiche agus as grinne air taobh shiar na h-Alba? Cha ruig mi a leas fharraid cò a' cheud fhear, air tha fhios aig a h-uile duine anns a bheil tùr is moth-

achadh gur e Tìriodh a' cheud fhear, ach cò an dara fear? Sin ceist as fhiach ceist a ràdh rithe, ceist a chuireadh spreigeadh eadhon anns na Collaich. "Ach is dona an coimeas Colla creagach ri Dun-bheagain no Dun-tuilm."

Tha mi làn chinnteach gu'n abradh Coinn-each Mac Leòid uair-eigin de'n t-saoghal gur e Eige "Eilean grinn na h-Oige," ach chaochail grinneas agus maise Eige anns na làithean so, oir chan 'eil Gàidhlig a nis air a searmonachadh idir ann. Nach b'e sin an dà latha, an t-eilean anns an do thogadh Coimneach Mac Leòid a bhi gun mhinistear as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn! Tha

Colbhasa anns an t-suidheachadh cheudna, an t-eilean anns an do thogadh àrd-fhear-teagaisg na Gàidhlig, Dòmhnall Mac Fhionghuin nach maireann. Theagamh gur e an ath sgeul bhochd a chluinnear gu bheil a' Bheurla a' cur ceann-fodha air a' Ghàidhlig ann an I, eilean Chaluim Cille.

Their na Sgitheanaich "an t-Eilean" ris an Eilean Sgitheanach mar nach robh eilean eile air uchd a' chuain ach e fhéin, is chan 'eil teagamh air bith aca nach e eilean as maisiche anns an àird an Iar. Ach na'n tigeadh crith-thalmhainn a charaicheadh an Cùilinn agus a chompanaich as an àite, agus a thilgeadh a mach iad anns an dòimhneachd air culaibh Ruim, cha bhiodh a' bheag de mhaise an cilein Sgitheanaich air fhàgail.

Tha Ìle 'n a eilean beartach, le feur is uisge-beatha, ach do bhrìgh nach robh agus nach 'eil ro-chùram air ar sluaghadh-ne mu thimchioll am beatha, ciod a dh' itheas no dh' òlas iad, faodar Ìle agus "Moladh na Lanndaidh" fhàgail aig na h-Ìlich fhéin.

An uair a dh' fhàgas na Leòghasaich Steòrnabhagh, m'an gann a ruigeas iad an Caol, tha iad a' tòiseachadh air "Eilean an Fhraoich" a sheinn, agus air guidhe gu robh iad air an ais ann, ach chan 'eil an sin ach fasan a dh' ionnsaich iad o fhaoidheag an droch chladaich.

Buinidh a' cheud àite an measg nan eileanan Gàidhealach uile do Mhuile, ciod air bith an rathad an seall thu air. Tha e mór agus tha e maiseach; a thuilleadh air sin tha Tobar Mhoire ann agus is dùthaich Chloinn Ghill-eathain e. Ged theirear "Muile nam Mór Bheann" ris, chan e a' Bheinn Mhór no na beanntan eile a tha timchioll oirre a tha cur sgeimh air Muile uile gu léir, ach fichead rud eile nach 'eil e furasda dhòmhsa a chur sìos air an duilleig so, ged a bhios mi 'g am faireachduinn 'n am chridhe gach uair a bhios mi air an "Lochearn" air Caol Muile, agus gu sònruichte an uair a ruigeas sinn a' Chailleach agus a thig eileanan Threisinnis 's an t-sealladh.

B' fheàrr leam riamh a' mhuir seach a' bheinn, agus eileanan beaga an cois a' chladaich seach monaidhean farsuing fiadhaich. Agus is e roinn de mhaise Mhuile gu bheil e air a chuartachadh le eileanan beaga eile a tha bòidheach agus a tha liath-ghlas le cnotal na h-aoise agus na h-eachdraidh. Tha a' mhaise so air Muile cuideachd, nach urrainn dhuit dol ann le carbad-ùilidh; feumaidh tu dòl ann le bàta, agus tha e mórán na's inntinniche a bhi gabhail an aiseig air bàta seach a bhi siubhal ann an carbad-ùilidh air rathad-mór. Dh' fheumadh duine a bhi gu maith maol mur taitneadh a thurus ris air té de bhàtaichean Mac Brayne air là maith, oir tachraidh a h-uile seòrsa dhaoine ort air

Caol Muile; ministearan is sagartan; Sasannaich a mhuinntir Lunnainn agus Sasannaich a mhuinntir Mhuile; iasgairan is marsantan is dròbhairean; tuathanaich a' dol do Uidhist is seòladairean a' dol do Bharraidh, agus daonnan daonnan, sgaoth de mhaoir o Bhòrd an Fhearrainn a' dol a shealltuinn ciomar 'a tha am buntata a' fàs, agus a' gabhail aiseag-ceabain air chosdus na feadhach aig a bheil am buntata. Ach air droch latha bha cho maith dhuit a bhi an àite eile ri bhi air an "Lochearn" air a' Chaillich.

Chan 'eil seòlaid eile air cladaichean na h-Alba a dhùisgeas uiread chiumhneachan air an t-seann t-saoghal ri Caol Muile. O dh' fhàgas tu an t-Oban gus an téid thu seachad air an Rudha Mhurchanach chan 'eil sgeir no stac no seana chaisteal a chi thu nach toir air ais gu t' inntinn sgeul air na làithean a dh' aom, agus gu sònruichte eachdraidh Chloinn Ghill-eathain. Ach theagamh gu bheil cuid de na bhios a leughadh nan duilleagan so cho suarach mu Chloinn Ghill-eathain 's a bha an t-Ollamh Mór Mac Iain. An uair a bha e fhéin agus an fheadhainn a bha còmhla ris a' tarruing dlùth do Thobar Mhoire, an déidh dhaibh Colla fhàgail, thubhairt Seumas Boswell ris, "Chi sinn gu goirid an Dotair Mac Gill-eathain a sgrìobh eachdraidh Chloinn Ghill-eathain." "Is beag iarraidh a tha agamsa," arsa Mac Iain, "air feitheamh ri eachdraidh Chloinn Ghilleathain a chluimintinn." Bha cabhag air faotainn gu tìr-mór.

Chan 'eil ann an Aird Thòirinnis an diugh ach fàsach, is chan 'eil ann an Aros ach coille agus coillean, ach na'n labhradh na seann bhallachan is ann aca a bhiodh na sgeulachdan gasda ri innseadh, sgeulachdan air Tighearnan Móra nan Eileanan a bha aon uair a' fuireach annta, agus air tighearnan beaga eile a bhiodh a' tighinn chuca a dheanamh an beic dhaibh, agus a dh' iarraidh fearainn no fàbhair. Rinn Sir Walter Scott leabhar bàrdachd mu chrìoman de eachdraidh na h-Alba d'an tug e an t-ainm "Tighearn nan Eileanan," agus na'n tugadh An Comunn Gàidhealach duais aig a' Mhod air son an leabhar sin a thionndadh gu Gàidhlig, chuireadh iad comain mhór air daoine aig a bheil gaol air bàrdachd.

B'e an duine a b' fheàrr a sheòl riamh air Caol Muile Calum Cille. Chan abran an diugh ris an t-Sàilean ach an Sàilean Dubh, ach anns na seann làithean theirteadh ris, Sàilean Chaluim Chille. Tha e air a ràdh gu'n do shearmonaich Calum Cille anns an t-Sàilean, ach is iomadh rud nach biodh a réir inntinn an duine naoimh a thachair bhuath sin anns a' cheart àite anns an do shearmonaich e, oir sud far am biodh an Fhaidhir Mhuileach air a' gleidheadh. Ach tha an Fhaidhir Mhuileach fhéin air falbh a nis.

Annas a' Chathair

AN uair a bha Socrates air a dhìtheadh gu bàs Achuir e seachad an là mu dheireadh a bha aige anns an t-saoghal a' seachas ri chàirdhean mu'n bhàs agus mu na nithean a dh' fhaodas a bhì air taobh thall na h-uaigne. "Tha mi," ars' esan, "a' dol air thurus do dhùthaich air nach 'eil eòlas agam, is tha e freagarrach gu'n socraichinn m' aire air an turus air a bheil mi a' dol."

Tha sinn uile a' dol air a' cheart thurus air an deachaidh Socrates, is bhiodh e freagarrach dhuinne mar an ceudna ar n-aire a shoeruchadh an dràs'd 's a ris air an turus air a bheil sinn a' triall, ciod an t-ullachadh a rinn sinn cheana no tha sinn a' deanamh air son an turuis sin, agus ciod a tha dùil againn fhaicinn no fhiosrachadh an uair a thèid sinn a steach do'n t-saoghal eile.

Bu mhaith leam beagan seanchais a dheanamh uime sin anns an àireamh so ged nach 'eil dad ùr agam ri ràdh mu'n bhàs. Tha e ceart gu'm biodh daoine d' an tug Dia reuson agus coguis a' smuaineachadh an dràs'd 's a ris air an crìch dheireannaich, agus a' smuaineachadh oirre ann an solus an teagasg a tha againn ann am Facal an Tighearna.

Ged tha agus ged bha daoine glic agus eag-naidh a' smuaineachadh mu'n bhàs o thoiseach an t-saoghail tha am bàs fhathast 'n a dhìomhaireachd mhór. An uair a dh' fhàgas an t-anam pàillun a' chuirp ciod a tha tachairt? C' àite a bheil an t-anam a' dol? Tha Leabhar Aithghearr nan Ceist a' teagasg gu bheil annamnan nan creidmheach, aig uair am bàis, air an deanamh iomlan ann an naomhachd agus a' dol a steach do Ghlàir. C' àite a bheil annamnan aingidh a' dol aig uair am bàis? A bheil dealachadh air a dheanamh eadar na fireana agus na neo-fhireana aig uair am bàis, no a bheil iad le chéile 'n an cadal anns an aon àite (an t-àite ris an abrar staid nan marbh) gus am bi iad air an dùsgadh air là na h-aiseirigh agus an seas iad air beulaibh an Rìgh gus am binn dheireannach a chluinntinn? A bheil na marbh 'n an cadal air an taobh thall, anns an t-seagh anns a bheil sinne a' tuigsinn an fhacail *cadal*, no a bheil faireachadh aca agus cuimhne eadar uair am bàis agus là a' bhreitheanais? A bheil na marbh ag ùrnuigh air ar son-ne, no a bheil e ceadaichte dhuinne ùrnuigh a dheanamh air son nam marbh?

Sin ceistean a tha ag éirigh ann an inntinnean dhaoine gun sgur, ach ged nach 'eil e ceàrr dhuinn a bhì faighneachd cheistean de'n t-seòrsa sin, ma dh' fhaighnichear iad gu h-iriosal agus air ghaol buannachd spioradail fhaotainn, cha d' fhuaras riamb fhathast freagaritean soilleir no cinnteach. Tha Dia agus am Biobull 'n an tosd.

Ach am measg nan ceistean a dh' éireas ann an inntinnean dhaoine a thaobh an t-saoghail eile tha aon cheist ann a tha ag éirigh na's trice na ceist air bith eile, a bheil crannchur siorruidh a' pheacaich air a sheulachadh aig uair a' bhàis? Am faigh an neach nach do rinn aithreachas anns an t-saoghal so cothrom air aithreachas a dheanamh anns an ath shaoghal? A bheil daoine a bha amaideach le gòraiche na h-dìge anns an t-saoghal so, agus aig an robh dùil ri fàs stéidheil agus diadhaidh uair-eigin, ged nach d' fhuair iad ùine air sin a dheanamh, air an dùnadh a mach gu siorruidh bho thròcair Dhe? Tha mìltean de pharantan a bhios a' cnuasachadh n' an inntinnean fein air na nithean sin, pàrantan a chaill mic laghach air an robh gaol aca, ach nach robh a réir choslais diadhaidh, agus aig nach robh suim do Dhia no do'n t-soisgeul. Am faigh iad cothrom eile air an taobh thall? An tig atharrachadh air bith air an staid fad linn-tean do-àireamh na siorruidheachd? Tha facail anns a' Bhiobull a bheir misneach is dòchas do na pàrantan sin, ach tha facail eile ann nach toir misneach no dòchas dhaibh idir, air chor agus nach gabh ceist de'n t-seòrsa so fuasgladh le litir an Sgrìobtuir a mhàin. Tha iomadh rud eile ann a dh' fheumar a thoirt fanear a thuilleadh air litir lom an Sgrìobtuir, gu sònruichte nàdur uasal Dhe. *Ni breitheamh na talmhainn uile an ni a tha ceart.*

Ach ged nach 'eil am Biobull a' togail no a' freagairt na ceiste so gun ag, feumar a ràdh gu bheil am Biobull o thoiseach gu deireadh a' teagasg nach 'eil aithreachas ann an naigh agus nach faod duine a dhiult taingse nan gràs anns an t-saoghal so dòchas a bhì aige gu'm faigh e cothrom eile an déidh a bhàis.

'Se nis an t-àm bhì réidh ri Dia;

*'Se nis an t-àm thoirt géill do'n Triath
Am feadh 's a mhaireas là nan gràs
Faolaidh gach neach dol as o'n bhàs*

*'S an naigh d'am bheil sinn uile triall
Maith'neas chan fhaigh 's cha d' fhuaradh
riamb;*

*Gun chaochla bithidh cor gach neach
Gu àm d'a bhinne teachd a mach*

Ged nach sgrìobtur na rannan so (chan 'eil anna ach rannan a tha air an stéidheachadh air leabhar anns an t-seann Tiomnadh anns nach 'eil ach àileadh beag de spiorad an t-soisgeil) gidheadh tha iad a' cur an céill gu cothromach teagasg a' Bhiobuill.

Ach ged tha brat tiugh de dhorchadas agus de dhìomhaireachd os cionn an t-saoghail eile anns a bheil na marbh dh' fhoillsich Dia dhuinn nithean sònraichte 'na fhacal mu fhois siorr-

uidh nan naomh ; nithean aig a bheil a' cheart bhuaidh thairis air imtinnéan chreidmheach 's a tha aig tigh-soluis air imtinnéan mharaidhean an uair a tha iad a' tighinn dlùth do fhearann air oidheche dhoreha. Ged nach léir dhaibh am fearann tha an tigh-soluis 'g an cumail ceart, a' toirt dhaibh misnich is dearbhaehd is cinnt a thaobh a' chùrsa a tha iad a' stiùradh agus na dùtheha nach 'eil iad fhathast a' faicinn. Sin mar tha na firinnean móra a tha air am foills-eachadh anns a' Bhiobull a thaobh staid nan naomh. Tha iad do chreidmheach mar tha an tigh-soluis do mharaidhean : bheir iad dhaibh an cùrsa agus dearbhaehd a thaobh nithean nach 'eil iad a' faicinn le'n sìul.

So agad, ma ta, a leughadair, aon de na firinnean móra sin a tha air am foills-eachadh le Dia 'n a Fhacal ; firinn a bha agus a tha do shluagh an Tighearna mar thugh-soluis anns an dorchadas.

“ Cha b' àill leam, a bhràithre, sibh a bhì aineol-ach a thaobh na mìinntir sin a tha 'n an cadal, chum nach dean sibh bròn, cadhon mar dhaoine eile aig nach 'eil dòchas. Oir na chreideas sinn gu'n d' fhuair Iosa bàs, agus gu'n d' éirich e ris, amhuil sin mar an ceudna an dream a chaidil ann an Iosa, bheir Dia maille ris. . . agus mar sin bithidh sinn gu sìorruidh maille ris an Tighearna. Uime sin thugaibh comhfhurtachd d'a chéile leis na briathraibh so.”

Nach maith am boillsgeadh soluis sin anns an dorchadas a tha cuartachadh na tìre far a bheil na màrbh !

Car son, ma ta, bhios sibh ri bròn
Mar dhream gun dòchas mór ;
A bheil 's a' bhàs ach teachdair sìth
'G an gairm gu rìogh'chd na glòir ?

Chan 'eil eagal sam bith oirnn nach e teachdair sìth a tha anns a' bhàs do shluagh an Tighearna. Faodaidh iad an sùilean a dhùnadh ann an sìth, gun fhiamh, gun eagal, air dhaibh dòchas a bhì aca gu'n coinnich Caraid eomh iad air taobh eile an aiseig. Ach ciod a theirear mu na daoine a chaidh gu bàs gun aithreachas, gun chreideamh, gun eòlas air Crìosd ? Sin a'

cheist a tha pianadh iomadh cridhe agus coguis an diugh.

Faodar na beachdan a bha aig seann diadh-airean agus a tha aig diadhairean an là diugh a chur sìos fo thrì cinn.

(1) An fheadhaim a tha teagasg nach ruig peacach neo-iompaichte a leas dùil no dòchas a bhì aca ach ri peanas is dòruim ann an ifrinn tre linntean na sìorruidheachd.

(2) An fheadhaim aig a bheil dòchas gu'n toir gràdh agus gliocas agus cumhaehd Dhe buaidh air a' cheann mu dheireadh thairis air gach olc no aingidheachd a tha anns a' chruth-achadh, agus gu'm bì na h-uile dhaoine air an teàrnadh uair-eigin, cadhon ged dh' fhaodas iad a bhì air an pianadh fad ùine mhór, gus am bì iad air an glanadh agus air an naomhachadh le gràdh smachdail Dhe.

(3) An fheadhaim a tha teagasg nach eil' neo-bhàsmhorachd air a thoirt do'n h-uile anam idir, ach a mhàin dhaibhsan aig a bheil a' bheatha sìorruidh a tha ann an Crìosd, agus a tha an dùil gu'm bì na h-aingidh air am peanas-achadh, chan ann le piantan ifrinn ach le bhì air an cur a mach á bith uile gu léir.

Shaoileadh tu, a leughadair, nach gabhadh beachdan a tha cho fada o chéile riu sin a bhì air an tarraing as an aon Leabhar, ach is ann air a' Bhiobull a tha na diadhairean ud uile a' feuchainn r' an stéidheachadh. Agus tha briathran anns a' Bhiobull a tha toirt guèis dhaibh uile.

Ach ciod air bith beachd no dòchas a dh' fhaodas a bhì againn a thaobh crannehur nam peacach anns an t-saoghal eile, foadar a bhì einnteach nach dean Dia rud air bith air aon d'a chloinn ach rud a bhios eliùteach d'a ainm uasal urramach féin. Cha duine Dia gu'n deanadh e rud leibideach ; tha uaisle gun chrìoch ann an nàdur Dhe, agus ged bhithim a' dol do 'n t-sìorruidheachd agus toibheum air mo bhìlean b' fheàrr leam tuiteann 'na làmhan seach ann an làmhan dhaoine.

Aig an Uinneig

Bean Torra Dhamh

CHUIR an t-Urramach Alasdair Mac Rath a mach o chionn ghoirid leabhraun beag bòidheach anns a bheil àireamh bheag de laoidhean agus de dhàin spioradail a rinn Mrs Clark, boirionnach diadhaidh a bha am Baideanach o chionn còrr agus ceud gu leth bliadhna, ris an abairteadh Bean Torra Dhamh. Ged tha scòrsa de chunntas air a dheanamh air beatha Mrs Clark anns an leabhar so tha barrachd ann mu dhaoine eile na tha ann mu'n bhan-bhàrd fhéin. Chan

'eil e air innseadh c'uin a rugadh i, no c'uin a chaochail i, no ciamar a chuir i seachad a beatha, no cò a companaich. Theaganh gur e an t-aobhar gu bheil an eachdraidh cho lom nach 'eil na nithean sin air chuimhne an diugh. Ach air a shon sin tha Mgrh Mae Rath ag innseadh iomadh rud mu'n bhoirionnach mhaith so as fhìach a ghleidheadh air chuimhne, agus facal no dhà a thubhairt i anns a bheil salann.

Tha na laoidhean air an cur sìos anns an leabhar so mar tha iad anns an leabhar a chuir

an t-Ollamh Tomas Sinton nach maireann a mach mu bhàrdachd Bhàideanach. Gheibhear seachd laoidhean anns an leabhar so uile gu leir, ach chan e Bean Torra Dhamb a rinn an té mu dheireadh dhiubh ach mo sheana charaid gaolach, Tomas Sinton fhéin.

Rinn mi toileachadh ris an leabhar bheag so air a sgàth fhéin ach gu sònruichte a chionn gu bheil e ag innseadh deagh sgeul, gu bheil am fear a chuir a mach e air tighinn air ais gu leabhraichean ann an tomhas de shlàinte. Chuir an t-Urramach Alasdair Mac Rath comain air muinntir na Gàidhealtachd le iomadh leabhar beag bòidheach a sgrìobh e mu dhaoine agus mu nithean anns an bu chòir dhuinn uile ùgh a bhì againn.

Daoine as aithne dhuit

An duine aig nach 'eil fhios cìod a tha an saoghal a' tighinn thuige, agus air a bheil eagal gu'n toir Dia breitheanas air an rioghachd a chionn gu bheil an sluagh a' mi-naombachadh na Sàbaid. An uair a thachras e air a' mhinistear tòisichidh e air innseadh dha gu bheil cuimhne aige-san air an eaglais a bhì làn a h-uile Sàbaid; gu'm biodh am monadh dubh leis na bha de dhaoine a' tighinn thairis air do'n eaglais; agus gu'm bu bhòidheach an sealladh leis fhéin pàrantan agus clann fhaicinn anns an aon suidheachan air là na Sàbaid.

Cha robh an duine so e fhéin anns an eaglais bho chionn ochd bliadhna no ginn d'a chloinn. Tha carbad-ùilidh aige, is bithidh e air falbh leis a h-uile Sàbaid ag amharc chàirdean agus a' cumail dhaoine eile as an eaglais.

Eaglaisean gun mhinistear

Bha e air a ràdh aig an Ard Sheanadh gu bheil oileanaich òga aig a bheil Gàidhlig air fàs cho pailt 's gu'n gabh ministear faotainn a nis air son a h-uile eaglais a tha falamh. Ann an aon seagh tha sin fìor; tha barrachd de bhalaich Ghàidhealach 'g an ullachadh féin an diugh air son obair na ministrealachd na bha 'g a dheanamh am bliadhnachan a' chogaidh, agus cha mhò a tha eaglaisean falamh cho fada 's a bha iad aon uair, ach air a shon sin, chan 'eil gu leòir de oileanaich òga againn fhathast, agus tha eaglaisean falamh an diugh fhathast a chionn gu bheil ministearan òga aig a bheil Gàidhlig gann.

Mar a dh' ainmich mi anns an àireamh mu dheireadh tha coimhthionail Shléibhte ag iarraidh ministear; tha eaglais Chalam-Cille an Steòrnabhagh falamh cuideachd, agus tha

Ullabul gun mhinistear o chionn còrr agus bliadhna. Sin trì eaglaisean a tha ion-mhiannaichte air gach dòigh, eaglaisean a dh' fhaodadh duine air bith a bhì toilichte a bhì 'n a mhinistear annta, oir tha coimhthionaillean maith annta is obair gu leòr ri dheanamh. A thuilleadh air an trì sin tha coimhthionaillean eile ann an Uidhist gun mhinistear.

A thaobh Steòrnabhagh chan abair mi ach so, eaglais a bha maith gu leòr do Eachann Mac Fhionghuin nach maireann, agus anns an robh e toilichte, cò an gille òg anns a' Ghàidhealtachd an diugh nach 'eil i maith gu leòr air a shon-san!

An uair a bha mise òg bhithinn sona na'n d' fhuair mi cothrom air dol a dh' àite mar tha Ullabul an diugh; dùthaich mhaiseach; dà eaglais air an aonadh; coimhthional maith is obair gu leòr; agus gluasad is beatha gu leòr anns an àite. Tha e a' cur ionghnaidh orm nach 'eil ministearan òga ann an sgìreachdan eile (cha fhreagrach an t-àite air duine nach 'eil ach a mach as a' Chollaist) ag iarraidh dol a dh' Ullabul, gu sònruichte ministearan Gàidhealach a tha air an suidheachadh air a' Ghalldachd.

Seana mhinistearan

Tha e feumail gu'm biodh àireamh nan oileanach òga air a chumail suas anns na bliadhnachan so a chionn gu'm bi mòran de sheana mhinistearan anns a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan a' leigeil dhiubh an dreuchd an ùine ghoirid. Ann an deich bliadhna eile bithidh mòran eaglaisean falamh anns a' Ghàidhealtachd, is feumar ullachadh a dheanamh air son bliadhnachan na gorta. Cha robh e riamh na's fhasa do bhalaich Ghàidhealach dol do'n Chollaist na tha e an diugh; eadar na *bursaries* a dh' fhaodas iad a chosnadh, agus na *bursaries* a gheibh iad gun an cosnadh idir, agus an t-airgiod a tha an t-Ollamh Mac Phàrlain agus an t-Ollamh Mac Leòid a' riaghladh, tha barrachd fhitheach a' toirt arain agus feòla dhaibh na bha 'g an toirt a dh' ionnsuidh an fhàidh Eliah. Balach òg air bith air a bheil ceann maith, agus aig a bheil iartus air seirbhis a dheanamh do Dhia anns an eaglais, cha ruig e leas egal a bhì air nach téid aige air dol do'n Chollaist a chionn nach urrainn a pàrantan mòran cuideachaidh a dheanamh leis. Ach feumaidh e Gàidhlig a bhì aige m'an toirear dha cuideachadh á airgiod na h-eaglais. Balaich leasa, no balaich gun eanchainn, chan 'eil feum air bith aig an eaglais air an t-seòrsa sin.

Gach uair de'n là thoir dhomh do làithreachd threun
Cìod ach do ghràs bheir buaidh air Satan fhéin?
Cò ach Thu féin bhios dhòmhsa mar reul-ùil?
Gach oidhel' is là, O Dhé, fan maille rium.



Cumhachd an t-soisgeil

“*Feuch, chuir mi dorus air fhosgladh romhad.*”—TAISBEAN iii., 8.

ANNS an Tìomnadh Nuadh tha dorus fosgailte Aglé bhithianta a’ ciallachadh cothrom maith. An uair a thubhairt an diadhair Eoin ris an eaglais ann an Philadelphia gu’n do chuir Dia dorus air fhosgladh roimhe is e bha e a’ ciallachadh gu’n d’ thug Dia cothrom maith dhi an soisgeul a chraobh-sgaoileadh anns na crìochan sin. Tha Pol a’ cleachdadh an fhacail anns a’ cheart dòigh ; “ tha,” ars’ esan, “ dorus mór agus éifeachdach air fhosgladh dhomh.” An uair a bha e ann an Troas dh’ fhosgail dorus eile roimhe, dorus air an deachaidh e a steach gu luath le soisgeul Chrìosd.

Bu ghasda leam dol thairis air beatha Phòil a leigeil fhaicinn dhuibh mar a dh’ fhosgail Dia dorsan dha ann an àitean agus aig amannan anns nach robh fuighair aige ris ; iomadh uair a bha a rathad air a dhùnadh a steach agus beanntan ag éirigh anns an t-slighe roimhe, gun fhios aige ciamar a gheibheadh e thairis orra, dh’ fhosgail Dia rathad dha ann an dòighean iongantach. Bha na dorsan dùinte air am fosgladh mar gu’m beanadh làmhan aingil riu.

Ach cha ghabh sin deanamh an dràs, oir is ann air rud eile a bha mi air son seachas a dheanamh ruibh. Chan ’eil cunnart air bith ann gu’n dèichuimhnich sinn gu robh cumhachd Dhe agus Spiorad Dhé ag oibreachadh anns an t-saoghal ann an làithean Phoil, ach tha cunnart mór ann gu’n dèichuimhnich sinn gu bheil cumhachd Dhé agus Spiorad Dhé ag oibreachadh anns na làithean deireannach so ; agus mar sin bu mhaith leam innseadh dhuibh mu nithean móra agus iongantach a tha Dia a’ deanamh an diugh, oibre beannaichte nach ’eil sgrìobhta am measg gnìomharan nan abstol ach a tha de’n cheart sheòrsa ris na h-oibre a rinn Chrìosd ann an Galile, agus Pol anns an Asia, anns an làithean o shean.

Saighdearan Chrìosd

Is ion do bhuill na h-eaglais nàire a bhì orra nach aithne dhaibh cadhonn ainmean nan daoine a tha deanamh an diugh an obair shoisgeulach a rinn na h-abstol anns a’ cheud linn. An cual thu riamh, a leughadair, iomradh air Hudson Taylor ? Mur cuala, is e sin do chall, ach ma tha ùgh agad ann an obair an Tighearna ceannaich an leabhar anns a bheil eachdraidh a bheatha air a h-innseadh, is theid mi féin an urras nach bì aithreachas ort. Na’n do lion Hudson Taylor an àird an Ear le marsantach

Breatunnach mar a lion e China le soisgeul-aichean Breatunnach, bhiodh e cho ainmeil ri Cecil Rhodes, ach cha b’e spiorad na marsantachd a bha ’n a chridhe ach spiorad Chrìosd. Nach e Breatunn a bhiodh ’n a rioghachd mhór agus uasal na’n robh i an fhicheadamh cuid cho dèidheil air an t-soisgeul a thoirt do na daoine dubha’s a tha i air a marsantachd a chur thuca ?

Am measg nan daoine as dealasaiche ann a seirbhis Chrìosd anns na làithean so chan ’eil duine eile as dìchiollaiche na Iain R. Mott, a bha ’na chomann-dair air Comunn Crìosdail nan Oileanach fad iomadh bliadhna. Chan abair mi uime air an duilleig so ach gur ann do America a bhuineas e, agus gu’n do chuir e seachad a’ chuid mhór d’a bheatha ag obair am measg sgoilearan òga anns na h-Oil-thighean, ’g an tarruing gu Chrìosd agus gu seirbhis a rioghachd. Shearmonaich e Chrìosd ann am móran dhùthchanna, agus anns gach aite anns an do shearmonaich e bheannaich Dia a shearmonachadh le comharraidhean agus le miorbhuilean is comharraidhean a tha dearbhadh gu bheil dorsan a’ fosgladh anns an Aird an Ear do shoisgeul Chrìosd, na’n gabhadh an Eaglais cothrom air dol a steach.

Africa le fhuarain

An uair a chaidh e do cheann a Tuath Africa bha iarrtus mór ’n a chridhe gu ’m faigheadh e cothrom air Chrìosd a shearmonachadh do na sgoilearan òga ann an Oil-thigh nam Mohamè-medanach ann an Cairo. Chomhairlich a h-uile duine dha an siubhal a leigeil leò, air eagal gu’n dùisgeadh sin droch spiorad an aghaidh Bhreatainn anns an Eiphit, ach lean Iain Mott comhairle a chridhe féin, agus sheulaich Dia ’obair le soirbheachadh nach bu bheag. An àite droch spiorad a bhì air a dhùsgadh ann an cridhe nan daoine òga ud is ann a bhì iad càirdeil coibhneil ris. Bha còrr is dà mhìle dhuibh anns a’ choinneamh a h-uile feasgar, agus gun facal a ràdh mu Mhohammed a bheireadh dhaibh oibheum, shearmonaich e Chrìosd dhaibh. Aig deireadh a thuruis, dh’ aidich móran dhuibh gur beag nach robh iad air an aomadh gu bhì ’n an Crìosduidhean, agus chaidh dà cheud gu leth dhuibh còmhla gus coinneachadh a h-uile seachduin, a leughadh a’ Bhiobuill agus a dheanamh ùrnuigh ri Dia, ag iarraidh an rathaid thuige. Faodaidh sinn a bhì cinnteach gu’n coimhlon Dia a ghealladh dhaibh sin, agus

gu'm faigh iad an t-slighe, agus an fhàirinn, agus a bheatha.

Tha e ag ràdh nach 'eil àite air an t-saoghal anns a bheil an doras cho fosgailte do Chrìosd an diugh 's a tha e ann an Japan, ma bhios an eaglais Chrìosduidh dileas gu leòir. Ann an Oil-thigh Tokyo far a bheil còig mìle de na h-eanchainnean as fheàrr ann an Japan bha na coinneamhan aige làn a h-uile oidhche, agus dh' fhanadh iad còmhla ris ceithir uairean an uaireadair ag ùrnuigh agus ag iarraidh soluis. Chuir tri ceud is ceithir fichead 's a deich de na sgoilearan òga sin iad féin fo bhòid, gu'n leanadh iad air crinneachadh an ceann a chéile, a leughadh a' Bhiobuill agus a dh' ùrnuigh.

Eigheach air son saorsa

An uair a chaidh e do China ann an 1895 dh' fheuch e ri greim fhaotainn air sgoilearan na dùthcha sin, a chum Crìosd a shearmonachadh dhaibh ach bu cho mhaith dha feuchainn ri dol do'n ghealaich. Bha iad cho fada bhuaith 's ged a bhiodh iad ann an saoghal eile. An ath turas a chaidh e do China cha d' fhuaireadh cothrom bruidhne riu na's mò. Ach a nis tha balla-meadhoin an dealachaidh air briseadh sìos eadbon ann an China; an uair mu dheireadh a chaidh e ann cha mhór gu'm b' urrainn dha a chreidsinn gu robh e 'n a dhùsgadh, no gu robh na nithean a chunnaic e fìor. Dh' fhosgail na dorsan cho farsuing roimhe 's gu'n robh e mar a bha an Salmadair an uair a thug Dia air ais bruid Iacoib.

An sin lìonadh ar beul le gàire,
Agus ar teagadh le ceòl;

An sin thubhairt iad an measg nan cinneach,
Rinn Iehobhah nithe móra air an son.

Anns na coinneamhan a bha aige air son nan sgoilearan òga anns na h-oil-thighean bha an tigh làn a h-uile oidhche ann an Canton, ged a chumadh e còrr is trì mìle, agus chan e mhàin sin, ach thàinig àireamh mhór de luchd-rìgh-laidh na dùthcha a mach 'ga éisdeachd, los an deagh-ghean a nochdadh. Bha dà cheud de na gillean òga sin air am baisteadh, agus thòisich seachd ceud air iarraidh slighe na slàinte, air leughadh a' Bhiobuill, agus air ùrnuigh. Ann

am baile eile bha na coinneamhan air an cumail ann an teampull a bha air a choisrigeadh do Bhudda, agus aon oidhche dh' aidich còig ceud gu robh iad a' creidsinn ann an Chrìosd, agus ùrread eile gu robh iad ag iarraidh Chrìosd.

Fuaim na Slàinte

Tha mi a' toirt tarruing air na nithean sin an dràs a chionn gu'm bu mhaith leam gu'n deanadh iad a' cheart drùidheadh air t' inntinn-sa, a leughadair, 's a rinn iad air m' inntinn féin, agus gu'n daingnicheadh iad do chreideamh gu bheil cumhachd an Dé bheò ag obreachadh anns an t-saoghal an diugh fhathast. Na'n leughadh tu mu na nithean so ann an Gniomh-aran nan Abstol theireadh tu gur e toradh an Spioraid a bha annta. Is e sin a tha annta gu teagamh, na h-oibre a bha ann an inntinn an t-Slanuighir an uair a thug e seachad an gealladh mòr ud, "Esan a chreideas annam-sa na h-oibre a tha mise a' deanamh, ni esan mar an ceudna; agus ni e oibre as mò na iad so; do bhrìgh gu bheil mise a' dol a chum an Athar."

Tha Dia 'n a fhreasdal a' fosgladh dhorsan an diugh anns gach cèarn de'n t-saoghal, agus bu chòir do 'n eaglais an cothrom a ghabhail agus dol a steach, a chum an saoghal a chosnadh do Chrìosd. Mur dean i sin chan 'eil i dileas do 'n àithne a thug e dhi, "Imichibh agus dean-aibh deisciobuil de na h-uile chinnich." Taing do Dhia tha tabhartas na h-eaglais am bliadhna na's fheàrr na bha e an uiridh, air son obair an t-soisgeil ann an dùthchannan céin, ach fhathast chan 'eil e ach beag an coimeas ris an airgid a thatar a' cur ann an òl, ann an cluich, agus ann an nithean faoin is peacach.

Nach mòr a' chùis-nàire e gu bheil an fheadhainn a chuir sinne a mach do dhùthchanna céin air cheann obair an t-soisgeil a' gearan nach 'eil sinn 'g an cuideachadh mar bu chòir dhuinn, agus a' cur fios dhachaidh gu Eaglais na h-Alba nach urrainn dhaibh dol a steach air na dorsan a tha fosgladh romhpa a chionn nach 'eil buill na h-eaglais a' toirt leth-chrun 's a bhliadhna gu bhì craobh-sgaoidheadh an t-soisgeil am measg nan cinneach. Is ion dhuinn eagal a bhì oirnn gu'n toir Dia bhuainn ar n-oighreachd agus ar cothrom, agus gu'n atharraich e ar coinneal as àite.

Ann's a' Chathair

THA aon cheum ann anns a bheil daoine an là diugh na's fheàrr na muinntir an t-seann t-saoghail; tha inntinn iriosal aca a thaobh dìomhaireachd na diadhaidheachd is rùintean dìomhair Dhé. Bha na seann daoine 'g gabhail orra gu'm b' aithne dhaibh inntinn Dhé gu h-ionnan, agus chuireadh iad a mach as an eaglais duine air bith a chuireadh teagamh 'n an tea-

gasg, ach tha daoine a' fàs na 's glìce an diugh, agus mar is glìce a dh' fhàsas iad, is ann is cinn-tiche a tha iad nach aithne dhaibh ach ann an cuid. Ma chunnaic iad crioman beag de 'n fhìrinn chan 'eil anns na chunnaic iad ach earlais bheag an coimeas ris na tha foluichte orra.

An dràs 's a ris cluinnear daoine a' gearan

nach 'eil suim aig an eaglais an diugh do chreideamh no do theagasg fallan mar a bha aig ar n-aithrichean, ach nach faod e bhith gur e an t-aobhar air a sin, gu bheil an eaglais an diugh a' creidsinn na's mò ann am ministrealachd an Spioraid Naoimh, agus a' cumail a cluasan fosgailte ris an fhacal bheò? An àite a ràdh gu bheil an eaglais a' cùl-shleamhachadh an uair a tha i a' toirt thairis cuid de na puingeagan-creidimh a bha i aon uair a' teagasg, is e bu chòir dhuinn a ràdh gu bheil i a' cur nithean leanabail air chùl a chionn gu bheil Spiorad beò an Tighearna a' toirt soluis is dearbhachd dhith mu nithean a bha foluichte bho a sùilean roimh so. Ciod a tha ann do dhaoine ach an fhìor ladarnas, a bhi saoilinn gu 'n do thuig iadsan uile riùntean an Tighearna, agus nach fhaigh an clann solus ùr no eòlas ùr nach 'eil aca-san? Cha do ràinig eadhon na h-abstoil air diomhaireachd na diadhaidheachd ach ann an cuid.

A thaobh tuigse is eòlas spioradail tha an saoghal fhathast ann an aois a leanabachd, a' tuigsinn mar leanabh agus a' reusanachadh mar leanabh, ach an uair a thig e gu ìre duine cuirear nithean leanabail air chùl. Chan urrainn an eaglais a ràdh fhathast gu 'n do thomhais i leud is àirde is dòimheachd an fhoillseachaidh a thug Crìosd dhuinn. Tha mòran nithean air nach do ràinig an linn so fhathast, ach a bhios soilleir do 'n linn a thig 'n ar déidh. Tha a h-uile gineal a' faotainn sealladh sònruichte air Crìosd, agus riarachidh an sealladh sin iarrtus an anama, ach cha do rannsaich gineal air bith lànachd a ghloire-san. Tha glòir ùr is màise ùr a' feitheamh air a chloinn nach fhaca an aithrichean riamh.

Tha an Spiorad Naomh a' còmhnuidh anns an eaglais an diugh cho cinnteach 's a bha e a' còmhnuidh innte ann an làithean nan abstol, agus air an aobhar sin, cha leigear a leas a bhì fo eagal gu'n toir teagasg an diadhair ud no an diadhair ud eile air an eaglais tuiteam air falbh bho 'n chreideamh. Gleidhidh Spiorad an Tighearna an eaglais air an t-slighe cheart, agus dearbhaidh tim co dhù is ann o Dhia a tha teagasg nan diadhairean òga a bhios a' cur dragh air Israel. Is ann do'n aon Shlànuighear a tha na linntean uile ag aoradh, ach chan e an aon choslas a tha iad uile a' faicinn air. Ach chan ann air Crìosd a thàinig atharrachadh air bith, ach air na siùlean a tha sealltainn air, agus air na cridheachan a tha deanamh aoraidh da.

Tha Dia a' toirt an t-saoghail air aghaidh ceum air cheum; tha e a' teagasg na firinn do 'n eaglais uigh ar n-uigh. Chan éirich olc do 'n chreideamh ma chumas an eaglais a cluasan fosgailte ri guth an Spioraid a tha labhairt ris, agus ma ghabhas i ris gach foillseachadh ùr a bheir e dhi.

Bha facal aig na seann daoine a bha anabarrach glic, *léintean farsuinn do na leanaban òga*, facal a tha cho soilleir 's nach riug *mise* a leas a mhìneachadh. Ach cha mhìd thu a ghleidheadh air chuimhne an uair a chluinneas tu daoine a' cur sìos air a' ghineal òig agus a' gearan nach 'eil iad a' leantuinn ri cleachdadh no ri beachdan an aithrichean. Car son a leanadh? An duine a leanas air cainnt agus smuaintean a sheanar ath-aithris mar gu'm biodh pìoraid, theagamh gu'n glòraich e a sheanair ach cha ghloiraich e Dia a thug dha cainnt is reuson dha féin.

Chan 'eil ann ach amaideas do dhaoine a bhi an dùil nach 'eil adhartas a' tighinn air an t-saoghal ann an eòlas Dhe agus ann an tuigse air nithean spioradail mar tha adhartas a' tighinn air ann an cùisean eile. Chan 'eil ann ach faoinneas leanabail do bhuidheann air bith de luchd-aideachaidh a bhi an dùil gur iadsan an sluagh coimhlionta agus gu'm bàsaich gliocas maille riu. Tha na h-aithrichean deas gu bhi a' saoilinn nach 'eil an òigridh cho dìleas air taobh a' chreidimh riu féin. Bha sin air a ràdh bho thoiseach an t-saoghail, ach an uair a sheallas tu air t' ais thar nan linntean nach 'eil so ri fhaicinn gu soilleir, gur e an òigridh am bitheantas a bha ceart!

Ma leughas tu sgrìobhaidhean diadhair ri linn nan abstol agus sgrìobhaidhean dhiadhairean eile anns a' chòigeamh, no anns an deiceamh, no anns an ochdamh linn deug, no anns na làithean so féin, chi thu nach 'eil iad a' labhairt mu phearsa, no mu inntinn, no mu theagasg Chrìosd, anns an aon dòigh, agus theagamh gu'n saoilleadh a h-uile fear dhiubh nach robh càch fallan anns a' chreideamh, no sgrìobuirail 'n an teagasg, ach is e an t-aon Chrìosd anns an robh iad uile a' creidsinn, neach nach urrainn dhuinn fhaicinn le sùilean eile ach ar sùilean fhéin.

Ach ged tha mòran nithean air am bi sgoilearan agus diadhairean a' beachdachadh dorcha agus diomhair fhathast, nithean mu thimchioll Dhe, agus mu thimchioll Chrìosd, agus mu thimchioll an t-saoghail thall, air am bu mhaith leinn an tuilleadh soluis fhaotainn, tha an t-aon ni as fhèrr agus as feumaile air fad cho simplidh agus cho soilleir 's nach leig eadhon na daoine baoghalta a leas dol air seachran. Tha Crìosd ag ràdh ruinn uile, agus ag ràdh le ùghdarras na diadhaidheachd agus a' ghràidh, *Lean mise*. Agus an tì a leanas Crìosd cha siubhail e an dorchadas, ach bithidh solus na beatha aige. Dealraichidh an solus sin na's mò agus na's mò gu ruig an là iomlan.

Chan e cion soluis ach cion toile a tha cumail dhaoine gun dol a steach do rìoghachd nèimh; chan 'eil iarraidh aca air Crìosd a leantuinn. Chan e cion soluis ach gaol a' pheacaidh a tha dalladh an sùil. Chan 'eil duine anns an dùthaich so aig nach 'eil de eòlas air a' Bhiobull

agus air an t-soisgeul agus air rùintean Dhe na bheireadh a steach do néamh e na'n robh iarraidh aige air a bhi air a shaoradh bho chumhachd a' pheacaidh. Tha am peacadh

na's miosa na'n t-aineolas; cuiridh an t-aineolas neònachas agus cumhannachd anns an inntinn, ach cuiridh am peacadh lobhadh is luibhre anns a' chridhe.

An Luidhear Dearg

THA móran de shòlasan na beatha so air an tarruing á tobar na cuimhne. Rud air bith a bheir air ais thugainn cuimhneachan air maduinn ait ar n-òige, dùisgidh e aire agus solas anns an inntinn. Sin an t-obhar gu'n d' thug leabhar beag a leugh mi o chionn ghoirid mu bhàtaichean Mhac Brayne barrachd toil-intinn dhomh na thug leabhar air bith eile a leugh mi am bliadhna. Tha ainm Mhac Brayne agus luidhear dearg nam bàtaichean aige mar gu'm biodh guthan a tha dùsgadh mìle cuimhneachan ann am chridhe, cuimhneachan air daoine agus air làithean agus air àitean a tha dol na's fhaide agus na's fhaide air falbh bhuam ged is ann orra a bhios mo bhruadair uile.

Bha an leabhar beag so air a chur a mach le dithis dhaoine d' an ainm, C. L. D. Duckworth agus G. E. Langmuir, agus gheibhear cunntas ann air a h-uile bàta a bha aig Mac Brayne riamh. Chan 'eil e a' cosd ach sè tasdain, ach ged chosdadh e gini, b' fheàrr dhuit an gini a thoirt air seach air dà bhotul uisge-bheatha. Chi thu an luidhear dearg air clàr an leabhair, agus dealbh a' *Cholumba* air a' cheud duilleig, agus cò riamh a sheall air a' *Cholumba* gun a chridhe a thoirt leum as, no gun an smuain a dh' éirigh 'na chridhe gu'm bu mhaith leis dol gu muir.

Bhiodh daoine a' cur sìos air Mac Brayne agus a' cur as a leth nach robh ann ach am fàsgradair; gu robh e cruaidh agus nach cosdadh e sgillinn ach na b' fheudar dha. Ach chan e aon duine a bha ann am Mac Brayne ach móran dhaoine, agus mu dheireadh *companaidh* mar theirear anns a' Bheurla. Eadar 1851 agus 1879, ged bha Daibhidh Mac-a-Bhriuthainn anns a' chompanaidh, b'e ainm na companaidh *David Hutcheson & Co.* Sin an duine, Daibhidh Mac Uisdein, d'an robh carragh-chuimhne air a chur suas air ceann Chearara, far am faic thu i cho soilleir ri Dun-olla fhéin, a' dol a steach do'n Oban no 'g a fhàgail. Chuireadh suas a' chlach ud mar chuimhneachan air an obair mhaith a rinn Daibhidh Mac Uisdein an uair a thòisich e air bàtaichean a chur a mach do na h-eileanan, agus air aiseag cinnteach a thoirt do mhuinntir na Gàidhealtachd an Iar. Chan 'eil iongnadh ged bhiodh meas aig muinntir an Obain air an duine, oir is e fhéin agus Daibhidh Mac-a-Bhriuthainn a thog an t-Oban o'n òtrach agus a rinn ainmeil e air feadh an t-saoghail. Mur bheil suaicheantas cheana aig an Oban, bu fhreagarrach an suaicheantas dha luidhear

dearg; co dhiubh a tha mi 'g a fhaicinn le mo shùil no le mo chuimhne chi mi an luidhear dearg ri taobh a' cheidhe.

Bho 1879 gu 1905 cha robh anns a' chompanaidh ach aon duine, Daibhidh Mac-a-Bhriuthainn, agus b' e sin na bliadhnan a b' fheàrr a bha aice. Bha gaol aig Daibhidh Mac-a-Bhriuthainn air a bhàtaichean agus air a sgiobairean; cha b' e duine gun inntinn mhór no gun chridhe mór a chuireadh air sàil leithid-ean a' *Cholumba* agus a' *Chlaymore*, bàtaichean cho usal 'n an coltas 's a bha dol a mach á Cluaidh.

Tha an *Columba* glé dhlùth air trì fichead bliadhna a dh' aois, ach an diugh fhathast tha i 'n a ban-rìgh am measg bhàtaichean Chluaidh. Theagamh gu'n do ghiùlain i barrachd "uaislean" na ghiùlain bàta eile an Albainn riamh, ach tha i fhéin na's uaisle 'na cumadh, 'na dreach, agus 'na siubhal, na gin de na h-uaislean a chaidh riamh air bòrd innte. Cha bu duine gun rud-eigin mór agus usal ann a chuireadh a mach leithid a' *Cholumba* anns na làithean anns an do thogadh i.

Ged bha an *Claidheamh-Mór* air a togail air son bathar a ghiùlain bha i fhéin a cheart cho bòidheach ris a' *Cholumba*, agus ged is mór am facal e, chan fhacas a leithid a' d'òl suas Caol Muile bho stad i fhéin air dol ann. Bha an *Claidheamh-Mór* a' ruith fad iomadh bliadhna eadar Glaschu agus Steòrnabhagh, is chuala mi duine-eigin ag ràdh an uiridh gu robh de mheas aig seann Daibhidh Mac-a-Bhriuthainn oirre 's nach d' fhàg i riamh Cluaidh gun e bhi air a' cheidhe, 'ga faicinn a' falbh. Bha e air a ràdh gu robh i fliuch ann am fairege, ach bha i làidir agus sàbhailte agus dìonghmolta 'na togail. Mur bitheadh, cha seasadh i an ùine a sheas i, leth-cheud bliadhna, a' dol mu'n cuairt na Maole ann an droch shìd, agus suas gu Steòrnabhagh far an robh an fhairege na bu mhiosa air fad, agus far an d' fhuair i air iomadh oidhche mhosach liodairt is snìomh ris nach seasadh ach aisnean is a' fhuinn làidir. Bu ghasda an sealladh a bhi faicinn a' *Chlaidheimh - Mhóir* a' fagail Thobar-Mhoire air feasgar samhraidh, air a deanamh riomhach le peant agus gach òrleach pràis no copair innte air a sgrùadh cho glan ri tasdan ùr, agus sreath de Shasunnaich 'n an seasamh aig a beul-mór, le gloin-amhairc an làimh no ri stùil gach fir, a' spleuchdadh air faoileagan a' chladaich agus iongnaidhean eile a thàinig iad do'n Ghàidh-

ealtachd a dh' fhaicinn. Ach ged bha na Sasunnaich buannachdail gu leòr do Mhac Brayne anns an t-samhradh cha b' ann a ghiùlan Shasunnach a bha an *Claidheamh-Mor* air a togail ach a ghiùlan muinntir nan eileanan agus na Gàidhealtachd an Iar air an ais agus air an aghaidh do Ghlaschu, agus a ghiùlan bathair gu iomadh baile agus port aig nach robh dòigh eile air bathar fhaotainn. Mur faca tu riamh te de bhàtaichean Mhac Brayne a' toirt a steach no a' cur a mach carago chan fhaca tu sealladh cho inntinneach 's a tha ri fhaicinn anns an t-saoghal so; pocanna mine agus bocsaichean agus bascaichean arain, mulchagan càise agus cement, fiodh agus pigeachan uisge-bheatha, laoigh agus toiscaidean-tearraidh, air an tilgeadh muin air mhuin, agus fad na h-uine muncan a' sgiamhail cho àrd agus cho fiadhaich 's nach cluinn na daoine a tha 'g am putadh an droch cainnt fhéin.

Ged nach robh aig Mac Brayne ach bàtaichean beaga an coimeas ris na bàtaichean móra a bha aig daoine eile air Cluaidh, bha eòlas aig daoine air ainm fhéin mar nach robh aca air ainmean nam maithean sin aig an robh na bàtaichean móra. Cha robh port no geodha no ceidhe aig am faicteadh luidhear dearg nam bàtaichean aige nach biodh daoine a' bruidhinn air mar dhuine ris an robh gnothuch is dàimh phearsonta aca. Tha àite aig Mac Brayne an diugh ann an seachas agus ann am beul-aithris nan Eileanan nach 'eil aig Tighearnan nan Eileanan. Tha e air a chur gualann ri gualainn ri Fionn agus Calum-Cille. Their iomadh duine gur e Mac Brayne agus Achd nan Croitearan an dà thobar as ioc-shlàntiche a dh' fhosgladh anns a' Ghàidhealtachd riamh.

Is fheàrrid bata maith ainm maith a bhi oirre, agus tha so ri mholadh ann am Mac Brayne, gu'm b' aithne dha ainm bòidheach a thoirt air na bàtaichean, agus a thuilleadh air sin ainm a bha freagairt air an t-seòrsa bàta a bha innte. Mhilleadh e eadhon an *Columba* na'n robh an *Dirk* oirre mar ainm, agus cha b' fheàrrid an *Dirk* dad an t-ainm *Columba* fhaotainn. C'àite am faigheadh tu ainmean as fheàrr na'n *Claymore*, an *Clansman*, an *Clydesdale*, an *Flowerdale*, an *Fusileer*, an *Glencoe*, an *Gondolier*, an *Iona*? Agus nach bu fhreagarrach an t-ainm an *Linnet* do'n *Linnet* fhéin? Chuir mise seachd samhradh sona far am bithinn a' faicinn na *Linnet* a h-uile latha a' dol sìos is suas eadar an Crìonan agus Rudha Ard-driseig, mar gu'm biodh tuba bheag ann an d'ig. Bha an *Chevalier* a' tighinn as an Oban do'n Chrìonan anns a' mhaduinn, a' liubhairt luchd-siubhail do'n *Linnet* a bha dol leò do Ard-driseig, agus a' feitheamh anns a' Chrìonan gus an tigeadh an *Linnet* air a h-ais le luchd eile de dhaoinne a bha dol do'n Oban. Ma bha a' chuid eile d'a bhàtaichean air an cumail cho glan sgrùta ris an *Chevalier*, mar b' aithne

dhòmh-sa i, dh' fhaodadh Mac Brayne a bhi mór as fhéin, agus fhios a bhi aige nach robh na làmhnan a bha anna a' cosnadh am beò-shlàint gu diomhaineach. Bu toigh leis an sgiobair Mac Gille-Mhaoil am bata a bhi mar bheanbainnse.

Ma b' e na sgiobairean fhéin, bha sgiobairean air bàtaichean Mhac Brayne, agus sgiobadh cuideachd, nach fhaicteadh tu an leithidean an àite fo'n ghréin; sgiobairean a bha anns an t-saoghal ach nach robh dheth; daoine a bha cho fada air falbh, 'n an inntinn agus 'n am beatha, o na Sasunnaich agus na h-Americanaich a bha iad a' giùlan do'n Ghearasdan, 's ged nach buineadh iad do'n t-saoghal so idir. An sgiobair a chitheadh tu air an Drochaid air té de bhàtaichean Mhac Brayne Di-sathuirne, le currachd sgiubeach, agus putain bhuidhe, agus aodann cho reamhar ruiteach 's gu'n saoilleadh tu nach e a' ghrian uile gu léir a rinn cho dearg e, theagamh gu'm faicteadh tu e am màireach agus ad bhog air, agus *umbrella* 'n a làimh, a' falbh do àite-eigin a chumail sgoil-Shàbaid no a shearmonachadh. An tuilleadh urrainn dhaibh air a shon sin! Ach bha seòrsachan eile air bàtaichean Mhac Brayne cho mhaith ris an t-seòrsa ud, ach ged dh' fhaodainn naidheachd innseadh air fear no dhà dhiubh sin chan àite an duilleig so air a shon.

B'e a' cheud rud a rinn mi an uair a dh' fhosgail mi an leabhar sealltuinn a dh' fheuchainn am faicinn eod a bu chrìoch do'n *Fingal*. Tha e air innseadh gu'n deachaidh i fodha an September 1917, ach chan 'eil e air innseadh e'àite an deachaidh i fodha, no ciamar. Ma chaidh am *Fingal* fodha, feumaidh gu'n d' fhuair i anà-cothrom, oir bàta eile a bu duiliche a cur fodha, no a bu choltaiche ri àrcan, cha deachaidh riamh air muir. Dh' fhairtlich e air a' Chaillich agus air a' Bhun-dubh agus air a' Chuan Bharrach a cur fodha, agus ged is iomadh là mosach a bha mi innte cha robh eagal orm riamh gu rachadh i fodha, no gu'm bithinn air mo bhàthadh. Ach bha i dà fhichead bliadhna a dh' aois is theagamh gu robh an t-slige aice air cnàmh. Bha i cho aotrum anns an uisge 's nach b' urrainn do dhroch spioradan an aigein greim fhaotainn orra gus a tarruing sìos do'n ghrunnid; mar a b' àirde a dh' éireadh a' ghaoth agus na tonnan is ann a b' àirde a leumadh am *Fingal*, a' crathadh a dosain agus a' magadh orra. Na'n robh a' chòir air a cumail b'e a' chrìoch a bha freagarrach do'n *Fingal* 'na seann aois a bhi air a tarruing suas air tràigh Chalgairidh agus air a cur as a chéile le làmhnan caomhail an sealladh na Caillich ris an do rinn i gleachd cho tric agus air an d' fhairtlich a druim a chur os a cionn.

Ged nach robh mòran fàsagaidh no comhfhurtachd air na bàtaichean a bha Mac Brayne a' cur a mach do na h-Eileanan bha iad am

bitheantas maith ann am faire. Cha robh an *Dirk* ach beag, ach bha i anabarrach smiorail is thug i dùlain do'n Chaillich agus do'n Chuan Bhàrrach fad bhliadhnan. B'e a' chrìoch aice-se a bhi air a' cur fodha le mèinn Ghearmailteach anns a' bhliadhna mu dheireadh de'n chogadh.

A dh'aindeoin cho maith 's 'ga bheil bàtaichean agus acfhuinn agus sgiobairean, bha riamh, agus tha fhathast, agus bithidh gu bràth, cumnartan air an fhaerge; cumnartan o cheò, agus o chreagan, agus o stoirm. Chaidh am *Mountaineer* air sgeir ann an sùd dh'orch aig ceann Lios-mór; chaidh a' cheud *Chlansman* air tìr air eilein Shannda; chaidh an *Clydesdale* air tìr an Caol Muile; chaidh am *Floverdale* air sgeir aig ceann Lios-mór; chaidh an *Islay* air tìr air Eilean nan Caorach, an Ile; chaidh am *Brigadier* air sgeir ann an Rodul anns na Hearadh; chaidh an *Glendale* air tìr an Cinn-tìre; chaidh an *Shiela* air tìr aig a' Chomraich. Tha barrachd sholus an diugh air taobh an Iar na h-Alba, gu sònruichte aig beòil acarsaidean, na bha ann an uair a thòisich bàtaichean Mhac Brayne air ruith, ach tha na seòlaidean cumhann agus an cladach salach air chor agus nach 'eil e furasda eadhon do sgiobairean eòlach agus cùramach gun drìod-fhortan a dh' éirigh dhaibh uair-eigin.

Bha trì de bhàtaichean Mhac Brayne air an losgadh le teine; an *Scout* an 1913; an *Gair-*

lochy an 1919, an Cill-Chuimein; agus an *Grenadier* an 1927, aig ceidhe an Obain. Bha call na *Grenadier* 'na rud déistinneach a chionn gu'n do chailleadh daoine innte cho mhaith ris a' bhàta fhéin.

Tha àileadh na mara anns an àird an Iar cho glan agus cho fallan 's gu'n do ràinig móran de bhàtaichean Mhac Brayne aois mhór. Bha feadhainn dhiubh cho sean 's nach robh cuimhne aig duine beò c'uin a chuireadh air sàil an toiseach iad.

Ach ged a rinn *MacBrayne* feum maith do'n Ghàidhealtachd 'n a latha cha robh e cho furasd dha daoine a thoileachadh an déidh a' chogaidh, is thòisich iad air gearan, agus mu dheireadh is e a thàinig as gu'n do reic e na bàtaichean agus gu bheil companaidh ùr an diugh 'g an seòladh fo'n t-seann ainm. Thòg iad bàtaichean ùra a dhol a mach do na h-eileanan, Mauretanas bheaga a tha cho comhfhurtachail 's gur fheàrr dhuit do leaba a ghabhail annta seach dol do Hotel anns an Oban. Chan aithne dhomh co dhiu a tha iad a' pàigheadh no nach 'eil—tha sin eadar a' chompanaidh agus an *Government*—ach tha na luidhearan aca cho dearg 's a bha iad riamh agus coslas nan sgiobairean agus an sgiobaidh gun atharrachadh. Gu ma fada a bhios sin mar sin; gun an luidhear dearg ri taobh a' cheidhe cha b' fheàrr an t-Oban na Cinn-ghiuthsaich no Baile-chloichridh.

Saorsa tre fhuil

ANNS a' cheud litir a sgrìobh e gu eaglais Achorint tha Pol ag innseadh dhuinn gu robh crann-ceusaidh Chrìosd 'na cheap-tuislidh do na h-Iudhaich agus 'na amaideachd do na Cinnich. B'e an t-saorsa a bha air a thairgsinn dhaibh anns an t-soisgeul saorsa a thàinig tre fhuil Chrìosd, ach ged bha an fhuil sin a' labhairt nithean as feàrr na fuil Abeil chuir iadsan an suarachas i.

An nì a bha ann bho thùs tha e ann fhathast; tha móran dhaoine ann a ghabhas oibheum ma chluinneas iad am facal *fuil* ann an searmonachadh an t-soisgeil, mar nach robh anns an t-searmonaiche ach duine gun sgoil gun tuigse, a tha cleachdadh seana chainnt a chail a brìgh. Cha toigh leò teagasg air bith a chuireas cudthrom air an éifeachd a tha ann am fuil Chrìosd, oir tha iad an dùil gu'm faod peacaich a bhi air an saoradh air dhòigh eile, agus nach 'eil anns an teagasg ud gur ann bho fhuil Chrìosd a tha uile bheannachdan na réite a' sruthadh ach cuing a chuir an t-abstol Pol air amhach a' chinne-daonna.

Cha toigh leò a bhi cluinntinn dhaoine a' seinn nan laoidhean so

O', 's ann tha 'n éifeachd am fuil an Uain
A chum ar n-euceart a ghlanadh uainn.

Tha tobar ann 's e làn de fhuil
A shruth o chuislean Ios'.

O, Uain mo ghràidh, t'fhuil phrìseil bhlàth,
Cha chaill gu bràth a brìgh.

Cha toigh leò na laoidhean so no an teagasg so a chluinntinn a chionn nach 'eil iad a' creidsinn gu bheil ann ach dòigh-labhairt a bha aig na h-Iudhaich, agus nach 'eil ceangal dìongmholta air bith eadar maitheanas pheacaidhean agus an fhuil a bha air a dòrtadh air Calbhari na's mò na tha eadar an t-sid agus a' ghealach.

Ach anns a' chùis so tha Pol ceart, mar tha e ceart anns gach cùis dhìomhair eile air an do mheòmhraich e fo bhuaidh an Spioraid Naomh, agus chan e mhàin gu bheil an fhèrrinn so air a teagasg anns an Tiomnadh Nuadh cho soilleir ris a' ghréin, ach tha i air a teagasg ann am beatha agus ann an eachdraidh a' chinne-daonna mar an ceudna.

Cha robh eagal no nàire air na naoimh a sgrìobh an Tiomnadh Nuadh am Facal *fuil* a chleachdadh ann an searmonachadh an t-sois-

geil, is cha robh aobhar gu'm bitheadh, oir bha e air a chleachdadh le Criosd féin, " Is i so m' *fhuil-sa* an tiomnaidh nuaidh a dhòirtear air son mhóran chum maitheanas pheacaidhean."

Tha na naoimh a sgrìobh an Tiomnadh Nuadh a' deanamh luaidh gun sgur air an éifeachd a tha ann am fuil Chriosd.

" Glanaidh *fuil* Iosa Criosd sinn o gach uile pheacadh." (1 Eòin. i. 7.)

" Eaglais Dhe a cheannaich e le *fhuil* féin " (GNIOMHARAN XX, 28.)

" Air dhuinn a bhi air ar fìreanachadh tre *fhuil*." (ROM. v. 9.)

" Tha sibhse a bha roimh so fad o làimh air bhur toirt am fagus tre *fhuil* Chriosd." (Eph. ii, 13.)

" Tha dànachd againn dol a steach do'n ionad as naoimhe tre *fhuil* Iosa." (EABH X, 19.)

" Air dhuibh fios a bhi agaibh nach do shaoradh sibh le nithibh truailidh, mar tha airgid agus òr, ach le *fuil* luachmhor Chriosd, mar fuil Uain gun chron gun smal." (I PEADAR i. 18-19.)

" Dhàsan a ghràdhaich sinn agus a dh' ionnlaid sinn o ar peacaidhean 'n a *fhuil* féin, dhàsan gu robh glòir agus cumhachd gu saoghal nan saoghal." (TAISBEAN i, 5.)

* * * *

Tha an lagh spioradail so, gu bheil saorsa air a cosnadh le fuil, no gu bheil adhartas a' mhórain a' tighinn tre fhulangas a' bheagain, no gu bheil beatha a' tighinn á bàs, air a sgrìobhadh cho soilleir air aghaidh 'a chruthachaidh 's gu'm faodar a bhi cinnteach nach reachd duine a tha ann ach lagh siorruidh Dhe.

Ciod air bith eile a theagaisg an cogadh uamhasach mu dheireadh dhuinn dhearg e air imtinnean dhaoine an fhìrinn so gu'm b' fheadar do chuid a bha neo-chiontach am bàs fhulang chum gu'm biodh saorsa agus beatha aig càch. Sin lagh a tha ag oibreachadh ann am beatha dhaoine agus ann an eachdraidh an t-saoghail o thoiseach tim gu deireadh an t-saoghail, lagh seasmach a tha togail fianuis air taobh na fìrinn a tha air a nochdadh gu follaiseach agus gu sòluimte ann an crann-ceusaidh Chriosd—" saorsa tre *fhuil* " agus " as eugmha is dòrtadh fala chan 'eil maitheanas peacaidh ann."

Ann an eachdraidh an t-saoghail tha an fhìrinn so air a teagasg gun sgur; air uairean ann an guth caol ciùin agus air uairean eile ann an guth a tha mar thoirm mhóran uisgeachan, ach ann an crann-ceusaidh Chriosd tha i air a teagasg ann an dòigh a ghlac aire an t-saoghail uile. Cha d'thug an saoghal leum air adhart riamh gun neach air chor-eigin a thabhairt a bheatha air a sgàth; daoine anns an robh uaisle

agus iochd a' bàsachadh chum gu'm biodh am bràithrean beò; fàidhean agus abstoil agus martaraich a' meas am fulangais mar neo-ni chum gu'm biodh rìoghachd Dhe air a stéidheachadh air thalamh.

Tha an lagh so, *saorsa tre fuil*, air fhligheadh a steach ann an dlùth is inneach ar beatha, lagh air a bheil crann-ceusaidh Chriosd 'n a chomharradh agus 'n a shuaicheantas siorruidh, ach ged tha an lagh so ann an aon seagh gruamach is cruaidh tha e 'na mheadhon air beannachdan as feàrr na b' urrainn dhaibh féin a chosnadh a thoirt do dhaoine. Na tìodhlacan a tha deanamh ar beatha-ne an diugh socrach is comhfhurtachail is sàbhailte, bha iad air an ceannach dhuinn le fuil agus fulangas agus saothair dhaoine eile. Bhuain sinn an rud nach do chuir sinn. Na'n robh sùil gheur agus cridhe tuigseach againn chitheamaid air gach beannachd a tha sinn a' sealbhadh athailtean na h-ìobairt, fuil-chridhe dhearg nan daoine a choisinn na beannachdan sin dhuinn. Leònadh daoine eile chum gu'm bitheamaid-ne gun leòn; chaidh iad a steach do ghleann dorcha a' bhàis chum sinne a thoirt do ionad tearuinte agus farsuinn. *Gun ìobairt chan 'eil adhartas; gun dòrtadh fala chan 'eil saorsa.*

Sin lagh nach 'eil dol as air; ma lorgaicheas tu cùrsa an t-srutha a tha giùlan còlais agus sìth agus saorsa gu sliochd Adhaimh chì thu gu bheil e daonnan ag éirigh á tobar fala. Mar so tha e 'n a fhianuis gu bheil teachdaireachd an t-soisgeil fìor, gu bheil an Tiomnadh Nuadh a' cur fa chomhair an t-saoghail mar Shlànuigh gear neach a choisinn saorsa d'a bhràithrean tre *fhuil*.

Anns an smuain so no anns an fhìrinn so, mata, gheibhear leus beag de sholus air freasdal an Tighearn anns an t-saoghal. Ma's e so aon de na dòighean leis a bheil e ag oileanachadh a chloinne ann am fireantachd feumar a chuimhneachadh nach 'eil e ag iarraidh air mic dhaoine nì a dheanamh ach an dearbh nì a rinn E féin. Is e sin ri ràdh, tha a' cheart lagh a tha ag oibreachadh ann am beatha dhaoine ri fhaicinn anns an Diadhachd féin, oir ann an dòrtadh *fuil* a Mhic tha Dia a' nochdadh gu'n d' fhuiling e bròn agus saothair anama chum biodh saorsa agus oighreachd siorruidh againne mar thoradh fhulangais.

Chan ann mar sheann sgeul, ma ta, a bu chòir dhuinn éisdeachd ris na nithean a thachair air Calbhari air là a' cheusaidh; mar nì a thachair o chionn fhada nan cian agus aig nach 'eil buintealas no dàimh ris na nithean a tha làthair, no ri beatha dhaoine anns an là an diugh. Tha bàs Chriosd 'n a dhealbh air nithean a tha, agus a bha, agus a bhithas gu siorruidh—*Uan a bha air a mharbhadh bho thoiseach an t-saoghail.*

Bha an t-ìobradh a rinn Chriosd air féin air

Calbhari uasal agus éifeachdach do bhrìgh gun do choisrig e e féin le a shaor thoil agus le teas-ghràdh, a chosnadh saorsa tre fhuil. Cha b' e na tàirngean a chuireadh 'n a làmhnan agus 'na chasan a cheangail ris a' Chrann e ach a thoil uasal fein ; thug e seachad a bheatha gu saor mar éiric air son mhóran. Sin an t-aobhar gu bheil éifeachd shiorruidh 'n a *fhuil* ; air a' chrann-cheusaidh, aig uair a bhàis, bha e na bu chumhachdaiche na bha e riamh 'n a bheatha. "Mise ma thogar suas o'n talamh mi tàirngidh mi na h-uile dhaoine a'm' ionnsuidh." Dhòirteadh fhuil phriseil-san o chionn

nan ceudan bliadhna ach tha i fhathast a' ruith troimh na linntean mar abhainn ioc-shlàinteach anns a bheil cumhachd dhìomhair is bheò.

"Mac Dhe a ghràdhaich mi agus a thug e féin 'air mo shon," na'n tuigeamaid gu ceart cìod a tha na briathran sin a' ciallachadh thuiteamaid air ar n-aghaidhean 'n a làthair. Thigeadh e a steach oirnn, mar thàinig e a steach air inntinn Phoil, gu bheil sinn ann an eisiomail Chrìosd cho mòr 's ged bheireamaid dha na tha againn air an t-saoghal, ar beatha ar saothair, agus ar maoin, nach dìoladh sin uile na fiachan a tha aige oirnn.

Aig an Uinneig

Comh-chruinneachadh Soisgeulach

BHO chionn bhliadhnachan tha buidheann Bsonraichte de dhaoine a bhuneas do na h-uile eaglais a' cumail choinneamhan an Srath-pheofhair gus a bhi ag ùrnuigh còmhla agus a' labhairt ri chèile mu nithean na beatha dhiadhaidh. Tha móran dhaoine a' faotainn iocshlaint d'an casan agus d' am buill chorporra ann an uisge Srath-pheofhair, ach gheibheadh iad beannachd d'an anam na'n rachadh iad do na coinneamhan so a bhios a' tòiseachadh air an fhicheadamh là de September. Eadar an fhicheadamh agus an treas là fhead bithidh na coinneamhan air son dhaoine òga, agus eadar a' cheathramh là fhead agus an t-siathamh là fhead air son luchd-aideachaidh agus dhaoine a thàinig gu aois. Bithidh R. B. Stiùbhard anns a' chathair mar is àbhaist, agus tha fuighair ris na bràithrean so mar luchd-labhairt :—

An t-Urramach F. C. Gibson, M.A., Belfast.
An t-Urramach Iain MacBheatha, D.D.,
Glaschu.

An t-Urramach Seumas E. Duncan, M.A.
Caiptein Reginald Wallis.
Mghr. I. M. Waite.

Bithidh na coinneamhan air an cumail ann an Talla na h-Eaglais Stéidhichte an Srath-

pheofhair, ach cha ruigear a leas na h-uairean ainmeachadh air an duilleig so ; bithidh e furasda gu leòir do'n fheadhainn a théid do na coinneamhan na h-uairean sin fhaotainn a mach, oir bithidh iad air an glaodhach gu follaiseach. An uiridh bha eaglais mhór Srath-pheofhair làn a h-uile feasgar.

Tha e air iarraidh air sluagh an Tighearna anns an taobh Tuath a bhi ag ùrnuigh gu'm beannaicheadh Dia an comh-chruinneachadh soisgeulach so, eadhon ged nach urrainn dhaibh dol thuige, agus ag ùrnuigh cuideachd gu'n dòirteadh Dia a Spiorad air an eaglais anns na làithean so. Tha móran dè òigridh na dùthcha air tuiteam air falbh o'n eaglais agus o mheadhona'n nan gràs leis a' ghaol a tha aca air féin-thoil eachadh, agus air toil-inntinn shaoghailta. Cha mhaith an stéidh an gaol sin air son beatha fheumail no beatha dhiadhaidh, agus mar sin tha e air iarraidh air an aithrichean agus air luchd-aideachaidh eile a bhi ag ùrnuigh as leth na h-òigridh.

Duine air bith leis am bu mhaith dol a dh'ionnsuidh nan coinneamhan so an September chan 'eil aige ach fios a chur gu H. W. Oldham, am Baile-dhubhthaich, is innsidh esan dhaibh, c'àite am faigh iad fuireach anns a' bhaile agus cìod a chosdus e dhaibh.

Theid sinn dhachaidh

THÉID sinn dhachaidh, dhachaidh, dhachaidh,
Théid sinn dhachaidh, dhachaidh còmhla ;
Théid sinn dhachaidh, dhachaidh, dhachaidh,
Théid sinn dhachaidh Chrò Chinn t-sàile.

Cluinneam, cluinneam, fuaim na tuinne,
Taobh Loch Dubhthaich mar a b' àbhaist ;
Tha gàir nam beann is toirm nan allt
'Ga mo chuireadh Chrò Chinn t-sàile.

Tha a nis a' tigh'nn am shealladh
Coireachan is beanntan àrda ;

Aibhnichean 's am faighteadh bradain,
'S cluaintean feurach le crodh àluinn.

Tha mise an diugh fo sprochd 's fo mhulad
Dh' fhalbh mo dhaoine, dh' fhalbh mo chàirdean
Dh' fhalbh na làithean a bha sona,
Dh' fhalbh a mhuinntir a bha bàigheil.

Théid sinn dhachaidh, dhachaidh, dhachaidh,
Théid sinn dhachaidh, dhachaidh còmhla ;
Théid sinn dhachaidh, dhachaidh, dhachaidh,
Théid sinn dhachaidh Chrò Chinn t-sàile.



Thig crìoch air an t-saoghal

“ Ach thubhairt Dia ris, *Amadain*, air an oidhche so féin iarrar d’ anam uait, an sin co dha a bhuineas na nithean a dh’ ullach thu ? ”—LUCAS xii. 20.

AN uair a tha Dia ag ràdh, *Amadain*, ri duine air bith cha bhuin e dhuinne ainm eile a thoir dha.

Dh’ innis Crìosd an naidhcachd so a chionn gu robh toil aige gu’n faicheadh daoine cho cunnartach ’s a tha e dhaibh an cridheachan a shocruchadh uile gu léir air nithean an t-saoghal so. Oir thig crìoch air an t-saoghal so, agus ma théid duine a steach do’n t-saoghal eile gun Dia gun dòchas, cìod a’ bhuannachd a bha ann dha a bhi ’n a dhuine saoi bhir ?

Lomnochd mar thàinig sinn a steach do’n t-saoghal so air tuis,
Is ambluidh théid sinn lomnochd as is taisgear sinn ’s an ùir
Gach ni ri ’n canar leinn gu faoin ar maoin ’s ar stòras féin,
Is iasad goirid aoin là e ’s grad-dhiolar e gu léir.

Chan ’eil Crìosd ag ràdh gu robh an duine so aingidh no eucorach os cionn dhaoine eile, no gu’n d’ fhuair e a mhaoin ann an dòigh cheàrr. An àite a mhaoin fhaotainn ann an dòigh cheàrr is ann o fhàbhar agus o làimh an Tighearna a fhuair e na bha aige, oir bu tuathanach e, agus tha tuathanaich a’ faotainn am beò-shlàint as an talamh le bhì a’ co-oibreachadh maille ri Dia.

Mur bheil tuathanaich ’n an daoine diadhaidh bu chòir dhaibh a bhì, oir anns an t-saoghal nàdurra tha iad ann an dàimh dhlùth do Dhia ; tha iad ’n an sagartan dha dìreach mar tha ministearan ’n an sagartan dha ann an nithean spioradail. A thuilleadh air a bhì ’n a sagartachd na talmhainn tha dreuchd an tuathanaich sean agus urramach agus feumail, agus fad na h-ùine anns a bheil e ag obair tha an tuathanach agus Dia anabarrach dlùth d’a chéile. Dheanadh an saoghal feum as eugmhais iomadh seòrsa oibre a tha dol air aghaidh an diugh, agus as eugmhais ceaird is ealadhain no dhà nach ruig mi a leas ainmeachadh air an duilleig so, ach cha deanadh an saoghal feum as eugmhais tuathanach, no as eugmhais nan daoine a tha ag oibreachadh an fhearainn. Tha an tuathanach mar so ’n a shagart do Dhia anns an t-saoghal nàdurra, a’ seasamh eadar Dia agus a cho-chreutairean, gu bhì a’ frithealadh dhaibh toradh agus maiteas na talmhainn.

A thuilleadh air sin tha an tuathanach a’ sìor fhaicinn oibrichean an Tighearna agus a bheartan iongantach anns na h-achaidhean. Faodaidh reoghadh aon oidhche, no stoirn aon là, saothair sheachduinean a mhilleadh gu buileach. Ach air an làimh eile, tha obair an

tuathanaich a’ dol air aghaidh agus e fhéin ’na chadal. Tha obair an t-saoir, no obair a’ ghobhainn, a’ stad an uair a chuireas iad an acfhuinn as an làimh aig sè uairean ’s an fheasgar. Ach chan ’eil obair an tuathanaich a’ stad an uair a dh’ fhàgas e an t-achadh aig sè uairean ; tha Dia ag oibreachadh maille ris fad na h-ùine ; an uair a tha esan ’n a chadal tha feartan dìomhair an Tighearna a’ toirt air an arbhar fàs agus abachadh. Ni aon seachduin de ghaoth Tuath, no de “ ghealach an abachaidh,” feum do’n tuathanach nach deanadh fichead gille le obair an làmhan. Nach bu chòir do thuathanaich a tha glic agus a’ smuainicheas air na nithean sin a bhì diadhaidh agus cuimhneachail air Dia ?

Ach cha robh an tuathanach ud glic no diadhaidh, is cha do smuainich e riamh gu robh e an eisiamail Dhe, no gu’n d’ thug Dia a thiodhlacan dha ’na chadal. Chan e mhàin nach robh Dia ’n a smuaintean uile ach cha robh e ann an gin dhiubh. Tha so ri fhaicinn o’n dòigh anns an do labhair e, *Mo thoradh, Mo shaibhlean, Mo mhaoin ; Mi féin, Mi féin, Mi féin*, mar nach robh Dia idir ann, agus mar nach robh toil, no imtinn, no làmh eile, ag oibreachadh anns an t-saoghal ach a làmh agus a thoil fhéin. Cha robh dad de’n fhaireachduinn ’n a chridhe a bha ann an cridhe an t-salmadair an uair a thubhairt e, “ Tabhair glòir, a Thighearna, chan ann dhuinne, chan ann dhuinne, ach do d’ ainm féin, air son do thròcar agus air son t’ fhirinn.”

Tha facal an Tighearna ag iarraidh oirn a bhì dicheallach ’n ar n-obair, “ Ma chi thu fear a bhios dicheallach ’n a ghuothuichibh, seasaidh e an làthair rìghlean,” ach chan ann air son a dhìchill a fhuair Crìosd coire do’n duine ud ach a chionn gu’n do dhìchuimhnich e nithean eile a tha na’s feumaile do mhac an duine na stòras saoghalta. Dhìchuimhnich e a’ Chruithear ; dhìchuimhnich e am bàs ; dhìchuimhnich e am breitheanas agus an t-siorruidheachd, agus chan urrainnear duine glic a ràdh ri duine air bith a dhìchuimhnicheas a’ chrìoch dheireannach.

Cuimhnich do Dhia an làithibh t’ òig’
Làithibh gun bhròn gun chal ;
M’ an tig na bliadhnaibh breòite tinn,
’S am fàs air t’ imtinn smal.

Bha an tuathanach so na bu mhiosa na Felics fhéin. An uair a chuala Felics Pol a’ reusonachadh mu fhìreantachd agus mu bhreitheanas ri teachd ghabh e eagal mòr, ach cha robh eagal

bàis no breitheanais air an duine ud, agus cha mhò a thubhairt e ris fhéin, “ Anam; tha gu leòir de’n t-saoghal agad a nis, agus tha an t-àm agad do thigh a chur an òrdugh agus t’ aire a shoeruchadh air crìoch àraidh do bheatha.” Ach is e a thubhairt e, “ Anam, tha mòran de nithibh maithe agad air an tasgadh fa chomhair mòran bhliadhnachan; gabh fois, ith, òl, agus bi subhach.”

Ach ged bha esan a’ gealltuinn saoghal fada agus mòran subhachais dha féin bha rùn-dìomhair eile anns an amharc aig Dia dha. “ Amadain, air an oidhche so féin iarrar d’ anam uait.” Agus an sin chaidh an duine saobhair as an t-sealladh; chaidh e a steach do shaoghal nach robh e ullachte air a shon; truagh, agus bochd, agus dall, agus lomnochd. Fàgaidh sinn an sin e an làmhan Dhe, gun a ghabhail oirnn a ràdh ciod a dh’ éirich dha, oir chan ’eil sin air innseadh anns an naidheachd, agus buinidh nithean dìomhair do Dhia a mhàin, dìomhaireachd a’ bhreitheanais agus ciod a tha feitheamh anns an t-saoghal eile air daoine a dhìchuimhniceas Dia ’n an òige agus ’n an seann aois.

Ach ged nach aithne dhuinn gu cinnteach ciod a thachair do’n duine shaoibhir fhéin tha fhios againn gu maith ciod a thachradh an uair a thòisich an luchd-lagha ann an Ierusalem air an airgid a dh’ fhàg e a roinn. “ Ge b’e àite ’s am bi a’ chairbh, is ann an sin a chruinnichear na h-iolairean.” Fògarraich anns an Eiphit agus anns a’ Ghréig, anns an Ròimh agus ann am Mesopotamia, air nach cuala an càirdcan ann an Ierusalem no ann an Galile iomradh bheò no mhairbh o chionn fichead bliadhna, agus nach do sgrìobh aon litir dhachaidh anns an ùine sin, thogadh iad ceann m’ an gann a bha an duine air a thiodhlacadh, oghachan agus iar-oghachan do pheathraichean-athar agus do bràithrean-athar a’ mhairbh, agus sgaoth a dh’ iolairean eile as gach ceàrn de’n domhan. Agus air a’ cheann mu dheireadh, na’m faighnichidh tu de dhuine-eigin cò a fhuair an t-airgid a dh’ fhàg an tuathanach Mór theireadh e riut *gu’n d’ith an lagh e*.

Chan ’eil seachduin a’ dol seachad nach ’eil sinn a’ leughadh anns na paipearan-naidheachd rud-eigin a tha coltach ris an naidheachd so a dh’ innis Crìosd mu’n duine shaoibhir air an tàinig am bas gu h-obann, agus nach d’ fhàg tionnadh, ach tha ar n-aire cho buileach air argumaidean an luchd-lagha ’s nach ’eil suim idir againn de’n chulaidh-bhròin as motha, *daoine a’ call an anama, a’ cosnadh agus a’ càrnadh suas airgid a bhios air itheadh leis an lagh agus leis na h-iolairean.*

An slighe sud ged ’s gòrach i
tairnidh an cainnt r’ an sliochd
Mar chaoraich dol ’s an uigh tha iad
’n am biadh do’n bhàs gun iochd.

An uair a shiubhlas iad do’n eug,
aon ni cha toir iad leò
’S an uair a thèid iad sìos do’n uigh
an glòir cha toir iad leò.

Na’n d’ fheòraich an duine ud, mar a dh’ fheòraich an t-òganach eile a thàinig gu Crìosd, ‘ Ciod a tha dh’ uireasbhuidd orm?’ theireadh esan ris gu robh trì nithean àraidh ’ga dhith; (1) gu’n do dhìchuimhnich e Dia, (2) gu’n do rinn e dearmad air a bhràithrean a chuideachadh, (3) gu’n do dhìchuimhnich e crìoch àraidh an duine.

(1) Cha robh smuain aige air Dia. Bheannaich Dia e ’n a bhascaid agus ’n a chuibrionn ach cha do dhùisg sin taingeachd ’n a chridhe, is cha d’ aom e a chridhe gu Dia. Dhìchuimhnich e uile thiodhlacan an Tighearna, an dùil gur e a dhìchioll agus a ghleustachd féin a thug bàrr agus toradh pailt as an talmh. Bha a cheann air a lionadh le uaill mar bha ceann Nebuchadnesair an uair a rinn e bòilich á obair a làimhe féin, “ Nach i so Babilon mhór, a thog mise mar thigh na rìoghachd, le neart mo chumhachd, agus air son onoir mo mhórachd?”

(2) Cha robh smuain aige air cor dhaoine eile. Ged thug am fearann toradh agus bàrr cho trom dha ’s nach robh fhios aige ciod a dheanadh e ris cha tàinig e riamh ’n a inntinn cuid dheth a thoirt seachad do dhaoine eile. Bhiodh barrachd meas aig Dia agus aig daoine air na’n d’ thubhairt e ris fhéin, “ Am bliadhna cuiridh mi suas tighean ura do mo sheirbhisich agus togaidh mi an tuarsadal a chionn gur maith leam iadsan a dh’ fhaotainn cuid de’n phailteas cho mhaith rium fhéin. Chan e sin a thubhairt e, ach “ Leagaidh mi mo shaibhlean agus togaidh mi saibhlean as mò.” *Mi-fhéin, Mi-fhéin, Mi-fhéin!*

(3) Dhìchuimhnich e crìoch àraidh an duine. Is e crìoch àraidh an duine Dia a ghlòrachadh ach b’e a’ chrìoch àraidh a bha aige-san ’n a bheatha itheadh agus òl. Bithidh a’ chuid mhòr de dhaoine a’ gealltuinneadar-dhealachadh shòlasan dhaibh féin an uair a bhios iad a’ streap ri trì fichead ’s a deich agus a’ smuaineachadh air an obair no an dreuchd a leigeil dhiubh; bithidh cuid a’ gealltuinn dhaibh féin sòlas fhaotainn o bhi a’ gairnealairachd, cuid o bhi ag iasgach bhreac, agus cuid eile o bhi sealltuinn as déidh sheilleinean, ach cha b’e dad de na rudan laghach sin a chuir an duine ud roimhe a dheanamh; chuir e roimhe làithean a shaorsa a chur seachad ann an geòcaireachd, ann an òl, agus ann an cadal. Nach b’e sin an duine truagh a dh’ aindeòin a shaoibhreis! Is truagh a h-uile duine aig nach ’eil an aire air ni air bith ach nithean talmhaidh, agus d’an dia am brù. Tha na daoine sin a’ deanamh glòir ’n an nàire agus is e an crìoch a bhi air an sgrìos.

Annas a' Chathair

BHA e duilich riamh ach tha e na's duiliche Bair fad anns na làithean so coimhthional no eaglais a riaghladh. Tha dà sheòrsa eaglais ann, an eaglais *bheag* agus an eaglais *mhòr*, an eaglais *chumhann* agus an eaglais *fharsuinn*, an eaglais a tha cur cudthrom air *smachd* agus an eaglais a tha cur cudthrom air *saorsa*.

Tha an dà sheòrsa sin againn ann an Albainn an diugh, ann an Sasunn cuideachd, agus anns gach dùthaich eile air an t-saoghal, oir tha an dà ni so feumail ann am beatha na h-eaglais, *smachd* agus *saorsa*, ged nach 'eil e idir farsada an cumail beò còmhla.

Ged nach 'eil Eaglais na h-Alba mór anns an t-seagh anns a bheil an Eaglais Shasunnach no an Eaglais Phàpanach mór, mór a thaobh àireamh a sluaigh, tha i mór anns an t-seagh anns a bheil mi a' cleachdadh an fhacail air an duilleig so. Is e sin ri ràdh, tha i farsuinn; tha i a' cumntas na cloinne a bha air am baisteadh innte mar bhuill ann an teaghlach a' chreidimh, agus bheir i dhaibh comanachadh an uair a thig iad gu aois fheagarrach, mar an còir bhaistidh, ma tha iad 'ga iarraidh, gun chachaleith àrd a chur ròmhpa, an dòchas gu'm fàs agus gu'n abaich iad anns a' bheatha spioradail fo bhuidh meadhonnan nan gràs leis a bheil idir air an cuartachadh anns an eaglais. Chan 'eil i a' sealltuinn oirre féin mar iarmad beag de dhaoine iompaichte a bha air an gairm a mach as an t-saoghal, ach mar theaghlach mór anns a bheil clann de gach seòrsa, agus aig gach ìre spioradail, cuid dhiubh dleasdhanach agus cuid dhiubh seachranach, *ach iad uile de'n aon teaghlach*.

Litir an Sgrìobtuir

Tha briathran anns an Tionmadh Nuadh nach 'eil a' toirt gnùis air bith do'n teagasg so ach tha briathran eile ann a dh' fhèanaicheas e. Chan 'eil so a' ciallachadh gu bheil an Spiorad Naomh a' breugnachadh ann an aon àite an ni a labhair e ann an àite eile, no aig àm eile; chan 'eil idir. Ach tha e a' ciallachadh gu'm feumar a bhi cùramach air eagal gu'n toirear àite do litir an Sgrìobtuir nach buin do'n litir idir ach a mhàin do'n Spiorad Naomh a tha labhairt anns an Sgrìobtur. Duine leis am miann laghaireachd a dheanamh leis an Sgrìobtur, sin agad duine a dhearbhas le litir an Sgrìobtuir gu bheil teagasg anns a' Bhiobull nach 'eil idir ann. Chan ann a dheanamh laghaireachd leis, no a dhearbhadh phuigean-teagaisg, a thug Dia am Biobull dhuinn ach a chum ar n-oileanachadh 'n a eòlas féin agus anns a' bheatha dhiadhaidh. Mar sin cha bhiodh e ceart do'n eaglais *bhig* a ràdh ris an eaglais *mhòr* gu bheil i neo-sgrìobturail 'n a teagasg no 'n a cleachdadh na's mò na bhiodh e ceart do'n

eaglais *mhòr* a ràdh ris an eaglais *bhig* gu bheil ise neo-sgrìobturail 'n a teagasg, oir faodaidh iad a bhi le chèile dileas do Fhacal an Tighearna anns na beachdan a tha aca mu'n dòigh as fheàrr a ghabhas rìoghachd Dhe a chur air aghaidh anns an t-saoghal.

Bha mise air mo thogail anns na beachdan a gheibhear anns an eaglais *bhig*; bha e air a theagasg dhomh 'n am òige gur e crìoch àraidh luchd-dreuchd na h-eaglais smachd a chumail air a buill gu teann, gun duine a leigeil gu bòrd a' chomanachaidh mur robh e ag aideachadh a bhi air iompachadh agus mur robh comharran ri fhaicinn air gu'n d' thàinig atharrachadh nan gràs air.

Bha mi an dùil gu robh Crìosduidhean mar dhaoine a bha air an deanamh anns an aon mhòldair, coltach ri chèile anns na nithean a bha iad a' creidsinn agus anns na nithean a bha iad a' faireachdainn, agus nach bu Crìosduidh idir duine aig nach robh na ceart bheachdan agus a' cheart fhiosrachadh air am biodh na bràithrean eile a' labhairt. Bhithinn a' faicinn mu dhà fhichead duine a' suidhe aig bòrd an Tighearna, ach cha do chuir e iongnadh orm aig an àm gu robh an àireamh cho beag, oir bha mi an dùil gu'm b'e sud uile na bha air am breith a ris agus na bhiodh air an teàrnadh á ceithir no còig de cheudan anns a' choimhthional.

Cumhann no farsuing

Ged chuir na dh' ionnsaich agus na dh' fhiosraich mi o làithean m' òige cuid de na beachdan sin a mach as mo cheann cha deachaidh iad uile gu léir a mach as mo chnàmhan fhathast; ged tha mo reusan agus mo choguis ag innseadh dhomh gu bheil e a réir inntinn Chrìosd gu'm bitheadh dorsan na h-eaglais farsuing an àite a bhi cumhann, agus gu'm bitheadh smachd na h-eaglais aotrum an àite a bhi teann, tha nì-eigin ann am chnàmhan agus ann am fhéithean a' sìor tharruing an aghaidh mo reusoin agus mo choguis. Air uairean bithidh mi an dùil gu'm bitheadh cùisean na b' fheàrr anns an eaglais *mhòr* na tha iad na'n robh an smachd innte a tha anns an eaglais *bhig*, ach an ath mhionaid, an uair a chi mi cìod a tha dol air aghaidh anns an eaglais *bhig* fhéin, agus mar tha cogall as miosa a' fàs am measg a' chruithneachd a tha innte-sa, bithidh mi taingeil gu bheil dorsan Eaglais na h-Alba cho farsuinn 's a tha iad, agus làmh am Màthar cho aotrum air a' chloinn a thaobh smachd.

Cuimhnich, a leughadair, nach 'eil mi a' ciallachadh leis an eaglais *bhig* eaglais air bith as aithne dhuit, no a' faotainn coire do eaglaisean eile a tha ag oibreachadh taobh ri taobh ri Eaglais na h-Alba anns a' Ghàidheal-

tachd an diugh. Chan 'eil idir; chan e peilisteireachd shuarach de'n t-seòrsa sin a tha air m' aire, ach m' inntinn fhosgladh gu saor a thaobh na ceisde so a dh' fheumar a fhreagairt. *Ciod a' bhunait air an togar eaglais Chrìosd air thalamh?*

An Eaglais Choitcheinn

Cha cheist ùr so ach ceist a dh' éirich anns an eaglais m' an gann a bha na h-abstoil fuar anns an ùir. An toiseach cha robh ann an luchd-leannmhuinn Chrìosd ach buidheann beag de dhaoine aig nach robh inbhe no ùghdarras anns an t-saoghal, daoine a chuir cùl ris an t-saoghal agus ri fasain an t-saoghail air sgàth Chrìosd, ach ann am beagan ùine thòisich an Creideamh ùr so air aire dhaoine a tharruing 'g a ionnsuidh, agus o'n bheag gus a' mhór chaidh sin air aghaidh gus mu dheireadh an robh maithean an t-saoghail air an tarruing a steach do eaglais Chrìosd. An sin thòisich an eaglais air smuaineachadh uimpe féin mar Chomunn *Coitcheinn* d' am bu chrìoch àraidh gach ni agus creutair anns an t-saoghal a ghabhail a steach innte, maith no dona mar bha iad, chum an *taosnachadh* le teagasg agus le spiorad Chrìosd. Chan 'eil an Eaglais Naomh Choitcheinn a' teagasg gu bheil i naomh anns an t-seagh gu bheil a h-uile aon d' a cloinn naomh no diadhaidh, ach anns an t-seagh gur sgoil i anns a bheil daoine air an teagasg ann an naomhachd agus air am beathachadh anns a' bheatha dhiadhaidh le meadhonan nan gràs a dh' carb Dia rithe mar bhean-choimhid. Tha creideamh aig an Eaglais Choitcheinn anns an éifeachd a tha ann am meadhonan nan gràs, agus dòchas làidir gu bheil a' bheatha dhiadhaidh a' cinntinn gu réidh sàmhach anns a h-uile duine d'a bheil iad air am frithealadh gu riaghailteach, là an déidh là, agus seachduin an déidh seachduin, agus a thu gabhail riu gu toileach, agus gu h-iriosal, agus gu creidmheach. Mar sin, is maith leatha na h-uile a chruinneachadh a steach innte féin, air ghaol an cumail fo bhuidheann meadhonan nan gràs agus air ghaol an saoghal a thaosnachadh le inntinn Chrìosd. Sin rùn na h-eaglaise mòire.

An saoghal agus an eaglais

Ach an da rìreadh is e a tha tachairt glé thrìc gu bheil an *saoghal* a leig i a steach a' taosnachadh na *h-eaglais* na 's mò agus na's luaithe na tha ise a' taosnachadh an t-saoghail. Thachair sin anns an dara linn, goirid an déidh bàs nan abstol; dh' fhàs an eaglais cho saoghalta 's gu'n d' éirich eaglais *bheag* an taobh a stigh de'n eaglais *mhòir*, ag iarraidh sgaradh a dheanamh eadar an eaglais agus an saoghal, smachd teann a bhì air a chumail air luchd-aideachaidh, agus a h-uile duine nach trasgadh, no nach ceusadh fheòil, no a phòsadh an dara uair, a bhì

air a chur a mach á comunn nan Crìosduidhean. B'e sud a' cheud uair a sheas an eaglais mhór agus an eaglais bheag an aghaidh a chéile, a' deasbud an éisdeachd a' chinne-daonna cìod i crìoch àraidh eaglais Chrìosd, ach mar is aithne do'n t-saoghal uile, is e an eaglais mhór a bhuaidhaich, agus bhuaidhaich i a dh' aindeoin gu robh an duine treun Tertullian air taobh na h-eaglaise bige.

An dràs 's a ris troimh na linntean bhuaith sud bha a' cheart cheist ud ag éirigh anns an eaglais, agus a' cheart thaghadh aig daoine ri dheanamh, cò dhiùbh a bu dlùithe do inntinn agus do thoil Chrìosd smachd no saorsa, an eaglais bheag no an eaglais mhór. Agus gach uair a tha an taghadh sin air a dheanamh is ann leis an eaglais mhór a tha an là a' dol. Tha guth agus ùghdarras nan linntean air a taobh, is tha aon as déidh aoin de na h-eaglaisean beaga a' dol as an t-sealladh, a chionn nach 'eil am bunaithean seasmhach no farsuinn gu leòr. Chan 'eil iad a' beathachadh ach *criomann* beag de nàdur mhic an duine, no a' freagairt ach air àireamh bheag de shluagh an t-saoghail. Agus air an làmh eile tha an eaglais mhór a' feuchainn ri saorsa agus beatha a thoirt do *uile* nàdur mhic an duine, agus ri rùn a thoirt do'n h-uile seòrsa dhaoine, ged nach abair iad Sibolet air an aon dòigh agus ged nach 'eil iad air an tàthadh ri Chrìosd leis an aon bhoinn.

Farsuingeachd Chrìosd

Gus an dealachadh a tha eadar an eaglais bheag agus an eaglais mhór a chur ann an dòigh eile faodaidh mi innsadh cìod a thubhairt Tertullian mu litreachas agus mu leabhraichean; "tha sinn," ars' esan, "a' deanamh tàir air litreachas an t-saoghail so oir chan 'eil ann ach amaideas an t-sùlean Dhe." Sin agad guth na h-eaglaise bige daonnan, ach cha dubhairt Dia na thubhairt Tertullian. Litreachas, is àbhacas, is cluicheachd, is ceòl, is fichead rud eile anns a bheil beatha agus sòlas do spiorad mhic an duine, chan e mhàin nach 'eil an eaglais bheag 'g am beannachadh ach chan fhuing i iad idir, a chionn gu bheil amharus aice gur naimhdean iad do Chrìosd. Air uairean chan 'eil teagamh nach 'eil i ceart, ach air a shon sin cha mhaith dhuinne nithean a thoirmear a tha Dia a' ceadachadh, no cuing a chur air amhaichean dhaoine nach do chuir Chrìosd orra.

Tha e maith do'n Chreideamh Chrìosduidh agus do rioghachd Dhe air thalamh gu'm bitheadh eaglais bheag ann, ach is e a h-àite, *am broinn na h-eaglaise mòire*. An uair a théid i air thigheadas dhi féin tha i am bitheantas a' cruadhachadh 'n a cumhannachd, a' cur cudthrom air nithean nach fhiaich cudthrom a chur orra, a' cunntas "peacach" nithean a tha a' mhór-chuideachd de shluagh an t-saoghail a' cunntas "neo-chiontach," agus le a h-uabhar

spioradail agus le laghaireachd na litreach a' dol na's fhaide agus na's fhaide bho chiùine agus bho fhaidhidinn Chrìosd. Tha e sgrìobhta ann an eachdraidh nan linntean gur e as crìoch do'n eaglais bhig sin dol as an t-sealladh. Cha togar eaglais Chrìosd gu briath air bunait chumhainn, oir cha robh cumhannachd air bith ann-san. Dh'ith agus dh'òl e maille ri cìs-mhaoir agus peacaich. Ach tha cuid d'a dheisciobuil an diugh cho amharusach agus cho uaibhreach 's nach suidh iad aig bòrd an Tighearna a chionn gu bheil an duine ud no an duine ud eile ann.

Ach ged tha an eaglais bheag a' bàsachadh leis a' chaiole an uair a thèid i air thigheadas dhi féin tha gréim aice air crioman de 'n fhirinn a tha an eaglais mhór glé thrìc a' dichuimhneachadh, agus mar sin tha e feumail gu'n gleidheadh i a beatha, mar thubhairt mi cheana, am broinn na h-eaglaise móire. Sin a h-àite freagarrach, agus an t-àite anns am faigh i an cothrom as fhèarr air a fianuis a thogail. Ma's e uabhar spioradail agus laghaireachd na litreach am peacadh a tha dualach do'n eaglais bhig is e saoghaltachd agus meagh-bhlàths am peacadh a tha gu furasd ag iadhadh mu'n eaglais mhóir, is bhiodh e maith dhi eaglais bheag a bhi innte féin, a chumail a h-eud agus a coguis beò.

Cha ruigear a leas dùil a bhi againn gu'm bi eaglais Chrìosd air thalamh iomlan. Bithidh an eaglais gu bràth cosmhuil ri lion air a thilg-eachd anns an fhairege anns am bi gach seòrsa éisg, no mar fhearann anns a bheil cruithneachd agus cogall a' fàs còmhla. Ma bha faidhidinn aig Chrìosd giùlan leis a' chuis mar sin, agus e deich mìle uair na's naoimhe na tha sinne agus na's eudmhoire a thaobh rioghachd Dhe, car son nach biodh faidhidinn againne agus nach bitheamaid toileach suidhe làimh ri "peacaich?" An duine nach 'eil toileach sin a dheanamh is peacadh dha an-toil fhéin.

Guth o Dhia

Ach ged is fhèarr leam dòighean agus teagasg na h-eaglaise móire seach dòighean agus teagasg na h-eaglaise bige, agus ged nach 'eil mi an dùil gu'm biodh e maith do'n eaglais no do'n t-saoghal gu'm biodh an tur dhealachadh air a dheanamh eatorra a dh' iarradh Tertullian agus a sheòrsa, bu mhaith leam air a shon sin gu'n tugadh an eaglais d' am buin mi, Eaglais na h-Alba, ro-aire do na tha iad ag ràdh ruinn. Oir is guth o Dhia a tha anns a' ghuth a tha gairm oirnn an saoghal fhàgail, agus gun fasain an t-saoghail a leantuinn. Ach feumaidh a h-uile fear-aideachaidh agus bean-aideachaidh an t-uallach so a ghabhail air an coguis féin.

Buinidh e do'n bheatha dhiaidhaidh gu'n àicheadh daoine toil agus toilinntinn na feòla dhaibh féin, agus gu'n smachdaicheadh iad iad féin gu teann air son leas an anama, agus mar sin tha e ceart agus ro-cheart gu'n abradh duine ris fhéin, "Chan 'eil e ceadaichte dhomh dol do thigh-a-chiùil, no do thigh-nan-dealbh, no do thigh-an-dannsaidh." Ach ged tha e ceart dha sin a ràdh ris féin bhiodh e ceàrr do'n eaglais a ràdh ris, "Chan fhaigh thu comanachadh a chionn gu'm facas thu aig coinneamh-chiùil no a' dannsaidh."

Is e dleasdanas na h-eaglais coguisean dhaoine a theagasg agus a shoilleireachadh le Facal Dhe, ach an uair a rinn i sin, chan 'eil còir air bith aice dol eadar duine agus a choguis féin no eadar duine agus Dia. Agus ma thòisicheas i air a dheanamh, a' ceadachadh sud ach a' toirmeasg so, a' ceadachadh uisge-beatha òl ach a' toirmeasg coinneamh-chiùil, is e as deireadh dha gu'n cuirear lagh dhaoine an àite lagh Dhe. Tha eud ann nach 'eil a réir eòlais; cha mhaith an t-eud nach urrainn dealachadh a dheanamh eadar nithe móra agus nithe faoine.

Is maith an rud smachd, ach chan 'eil ach aon cheum eadar smachd agus ainneart.

An dòighean dìomhair

CHAN 'eil rud air an t-saoghal as mò a ghoirteicheas eridhe athar diadhaidh na bhi a' faicinn aon d'a chloinn a' cruadhachadh an aghaidh an t-soisgeil. Sin camadh a bha ann an crannchur Uilleam Rois, a bha 'n a fhoirbheach an Cille-sgumain, fad iomadh bliadhna. Ged thug Dia anam no dhà dha mar thoradh a shaothrach agus ùrnuigean anns a' choinn-eamh-ùrnuigh chan fhaca e iomchuidh anam a mhic féin, Tòmas, a thoirt dha. B'e Tòmas a mhac bu shine agus laogh a chridhe. Bha trìuir mhac aige a thuilleadh air Tòmas, agus dà nighinn, is bha iad sin uile ag aideachadh an Tighearna, agus a' gluasad a réir an aidmheil.

An uair a ràinig Tòmas ire duine chaidh e air thigheadas dha fhéin ann am fearann beag

a bha mu thrì mìle bho thigh athar. An ceann bliadhna phòs e caileag òg de mhuintir an àite, caileag a bha freagarrach gu leòr air anns a h-uile dòigh eile ach a mhàin gu robh i cho dearmadach air an eaglais ris fhéin. An déidh dhaibh pòsadh fhuair Tòmas carbad-ùilidh, agus b' e là na Sàbaid an là mór aca a dhol air astar a shealltuinn chàirdean agus a dhol air chéilidh. Ach faodar a ràdh mu chéilidh na Sàbaid nach tàinig as riamh, agus nach tig as gu bràth, ach dìomhanas agus peacadh.

An sin thòisich clann air tighinn thuca; trìuir bhalach as déidh a chéile. Ach ged bha Tòmas naoi bliadhna deug ar fhichead an uair a dh' fhàg am fear bu shine an sgoil, chan

fhaca na balaich am pàrantan air an glùinean riamh aig aoradh teaghlach, agus cha mhò a chunnaic iad iad a' leughadh a' Bhiobuill. A thaobh cleachdanna na diadhaidheachd cha b' fheàrr iad na an Cinnich. Bha Tòmas agus Catriona còig bliadhna deug pòsda gun iad a labhairt ri chèile aon uair mu chor no mu dhòchas an anama féin, no mu anamanna an cloinne.

Ach air a shon sin cha robh dad ceàrr orra am fianuis an t-saoghail. Bha Tòmas 'n a dhuine dichionnach agus 'n a choimhearsnach maith, agus bha ainm aige fhéin agus aig a mhnaoi a bhi 'n an daoine còir 'n an tigh féin. Ged a ghabhadh e dram air uairean air là margaidh cha robh e gaolach air no 'n a dhrongair; anns a' chuid sin cha robh e 'n a bu mhiosa ach na b' fheàrr na móran eile de thuathanaich Chille-sgumain.

Is e an aon choire a bha air an dachaidh ud, agus is mór a' choire sin féin, nach robh Dia 'n an smuaintean didir. Bha iad a' tighinn beò mar nach robh Dia, ann, gun suim d'a ainm, no d'a lagh, no d'a shoigeul; gun ùrnuigh, gun bhuidheachas, gun chuimhne air bàs no siorruidheachd.

Bhiodh an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., air uairean a' tadhall orra, ach ma bhithheadh, cha robh sin a chum móran feuma, agus ged rachadh Tòmas agus a bhean air an glùinean còmhla ris, ag iarraidh beannachd Dhe air an teaghlach, cha robh buaidh air bith aig na h-ùrnuighean air cridhe Thòmais. Cha robh ann an lùbadh a ghltine dha ach sibhal-tachd a bha e a' nochdadh do'n mhinistear agus do fhasain chràbhach na dùthcha, dìreach mar bhiodh e a' dol do'n eaglais trì no ceithir a dh' uairean anns a' bhliadhna, a thoileachadh athar agus air sgàth a nàire. Ach ged bhiodh a chorp anns an eaglais aig na h-amannan sin bhiodh inntinn cho fada air falbh 's ged robh e ann an Vancouver. Bha e cho marbh gu spioradail ris na h-ainmhidhean; cha deachaidh aon ghat soluis a steach riamh air uinneagan anama.

* * * * *

Theagamh gu'n cuala thu, a leughadair, iomradh air Eachann Gòrach, leth-amadan a bhiodh a' dol mu'n cuairt na dùthcha le poca anns am biodh e a' cruinneachadh na bheireadh daoine dha. Cha robh cron sam bith ann, ach bha e cho faoin 's gu robh móran dhaoinè diombach nach robh dotair na siorramachd 'g a chur do Cheann Loch Gilb, air eagal gu'n éireadh dad dhà.

Uair a bha Eachann Gòrach ann an Cille-sgumain bha Tòmas Ros agus na balaich a' buain. Bha an t-achadh-buana ri taobh an rathaid; an uair a ràinig Tòmas ceann an iomaire, agus e 'na shuidhe air an inneal-

bhuana, rinn e stad beag leis na h-eich an déidh dha tionndadh, gus facal a ràdh ri Eachann Gòrach anns an dol seachad.

"Gu dé do naidheachd an diugh, Eachainn," arsa Tòmas Ros?

"Tha," arsa' Eachann, gun stad a chur 'n a cheum, "*gu bheil an t-siorruidheachd fada.*"

Bhuail Tòmas Ros na h-eich air an aghaidh, gun aon fhacal a ràdh, ach chaidh saighead 'n a chridhe nach d' fhàg e fad iomadh là. Thòisich rud-eigin air bualadh 'n a cheann mar gu'm biodh buille ùird air innean, no mar gu'm biodh clag eaglais, ag ràdh,

' *Tha an t-siorruidheachd fada* '

' *Fada tha an t-siorruidheachd* '

' *Fada tha an t-siorruidheachd* '

' *Tha an t-siorruidheachd fada.* '

Dh' fheuch e ris na facail a chur a mach as inntinn, ach a mach as inntinn cha rachadh iad; bha iad 'g an seinn fhéin 'n a chluasan. Anns an tartar a bha casan nan each a' deanamh bha e 'g an cluinntinn ag ràdh; '*Tha an t-siorruidheachd fada*'; an uair a thilgeadh an inneal-bhuana sguab air an talamh is e theireadh i, '*Fada tha an t-siorruidheachd.*' An uair a bhiodh na h-eich 'n an seasamh thòisicheadh a' ghaoth féin air seinn, '*Tha an t-siorruidheachd fada,*' agus fhreagradh na ròcaisean o mhullach nan craobh, '*Fada tha an t-siorruidheachd.*'

Ged chaidh Tòmas Ros a laighe an oidhche ud cha do chaidil e. Cho luath 's a leag e a cheann air a' chluasaig thòisich an t-seinn 'na chluasan, '*Tha an t-siorruidheachd fada,*' '*Fada tha an t-siorruidheachd.*' Thionndadh e o'n dara taobh a dh' ionnsuidh na taobhe eile, a dh' fheuchainn an stadadh an t-seinn a bha 'n a cheann agus am faigheadh e fois, ach ciod air bith an taobh air an laigheadh e bha an guth cho làidir 's a bha e riamh 'n a chluais, '*Tha an t-siorruidheachd fada,*' '*Fada tha an t-siorruidheachd.*'

Leis cho luaineach agus cho an-shocrach 's a bha e anns an leabaidh dhùisg a bhean is dh' fhaighnich i dheth an robh dad ceàrr air. Thu bhairt e rithe nach robh, oir bha nàire air innseadh dhi mu'n t-seinn a bha e a' cluinntinn, is eagal gu'n saoilleadh i gu robh e a' dol as a rian. An uair a chuala Catriona nach robh dad ceàrr air Tòmas tharruing i srann a ris, ach cho luath 's a rinn ise sin, thòisich an t-seinn 'n a chluasan-san a ris, ach a mhàin gur e na facail a bha e nis a' cluinntinn, '*Dh' innis thu breug,*' '*Breug a dh' innis thu.*'

Dh' éirich e m' an do shoilleirich an latha, is chaidh e mach do na saibhlean a dh' obair, an dùil gu'm faigheadh e faochadh o'n t-seinn a bha ion 's 'g a chur as a chiall. Ach cha robh fois a' feitheamh air anns na saibhlean; an uair a chual iad a cheum thòisich coilèach an déidh coilèach air gladhach, '*Tha an t-sior-*

ruidheachd fada. ‘*Fada, fada, fada, tha an t-siorruidheachd.*’ Cha robh e chum mùghaidh dha c’ àite an rachadh e; co dhiubh a bha e anns an leabaidh no anns a’ bhàthach, air an raon no aig an teine, bha an aon ghaoir eagallach ud ’n a chluasan, agus an impis a chur air a’ chuthach, gus mu dheireadh am b’ fheàrr leis gu robh e marbh. Ach a’ cheart cho luath ’s a thàinig an smuain sin ’n a chridhe thàinig car eile anns an t-seinn,

“*Chan ’eil thu deas air son a’ bhàis*”

“*Chan eil thu deas air son a’ bhàis*”

“*Tha an t-siorruidheachd fada*”

“*Fada tha an t-siorruidheachd.*”

Bha e mar sin fad sheachduinean, ach gus mo naidheachd a ghiorrachadh, thug an Spiorad Naomh gu buil an obair mhaith air an do thòisich e ann an Tòmas Ros is bha e air a thoirt a steach do rìoghachd Dhe. Cò riamh a dh’ iarr an Tighearna nach d’ fhuair e; chan e mhàin gu bheil Dia air fhaotainn leò-san a dh’ iarras e ach tha e air fhaotainn leò-san nach ’eil ’g a iarraidh idir. Sin an rud ris an abair an Tiomnadh Nuadh, agus na naomh, agus uile shluagh an Tighearna air feadh nan linntean, *saor ghràs Dhe.*

* * * * *

Bha Tòmas Ros air a thogail ann an teaghlach diadhaidh; bho làithean òige bha e air a chuartachadh le meadhanan nan gràs; theagaisg athair agus a mhàthair e ann an còlas a’ Bhiobuill, agus bha am Biobull agus Leabhar nan Ceist air a theagasg dha anns an sgoil; bha e dol do’n sgoil-Shàbaid fad dheich bliadhna, agus do’n eaglais a h-uile Sàbaid gus an robh e fichead bliadhna, agus an dràsd ’s a ris ’na dhéidh sin, ach a réir choslais, cha do rinn sin uile drùidheadh air bith air anam; cha do ghluais a choguis is cha mhò a dhùisg ionndrainn spioradail ’na chridhe gus an cual e an aon fhacal ud o Eachann Gòrach, *Tha an t-siorruidheachd fada.* Bha fhios aige gu maith gu robh an t-siorruidheachd fada, gun Eachann Gòrach

’g a innseadh dha, ach ma bha, cha robh anns an fhios sin ach eòlas marbh gus an là ud.

Ciod a their thu féin, a leughadair, uime so? Ciod as urrainn neach air bith a ràdh uime ach *gu bheil Dia a’ gluasad an dòighean dìomhair?* Dh’ fhàirtlich e air a phàrantan, agus air an eaglais, agus air an sgoil, Tòmas Ros a chosnadh do Dhia, ach le aon fhacal anns an dol seachad rinn an t-amadan bochd an rud a dh’ fhàirtlich orra-san.

Theagamh nach robh anns an fhacal sin ach sradag a chur teine ri connadh a bha cheana ann an cridhe Thòmais, air a chruinneachadh ’na thòrr mòr bho chionn iomadh bliadhna, agus a bha deas gu bhì air a lasadh leis a’ cheud shradaig a thuiteadh air. Fada m’ an tig bileag fheadh no luibh troimh ’n talamh, no m’am faic sùil duine gu bheil i a’ fàs, tha ullachadh is oibreachadh a’ dol air aghaidh fo ’n talamh. Sin mar tha tachairt anns an anam mar an ceudna; tha teagasg na dachaidh agus na h-eaglais, am Biobull agus meadhanon eile nan gràs, ag oibreachadh anns an anam *as an t-sealladh*, agus ’g a ullachadh air son na h-uaire anns an toir an Spiorad Naomh gu buil, maith dh’ fhaoidte ann an aon mhionaid, obair uaigneach a bha dol air aghaidh fad bhliadh-nachan, *gun fhios gu robh i a’ dol air aghaidh.* Mar sin cuireadh pàrantan agus teachdairean an t-soisgeil an siol maith ann an creideamh nach bi an saothair dìomhaineach, eadhon ged nach fhaicadh iad a toradh. “Anns a’ mhaduinn cuir do shìol, agus anns an fheasgar na toir air do làmh sgur, oir chan ’eil fhios agad co dhiubh as feàrr a shoirbheicreas so no sud, no am bi iad le chéile co mhaith.”

A thuilleadh air sin tha Dia saor ’n a uach-daranachd agus ’n a ghràs, agus chan e mhàin gu bheil e a’ gairm agus a’ roghnachadh dhaoine a tha air an cunntas leis an t-saoghal ’n an amadan, ach tha e ag uisneachadh nan amadan gu bhì a’ gairm nan daoine glìce, ionnus nach deanadh feòil sam bith uàill ’n a fhianuis.

*An dòighean dìomhair gluaisidh Dia
Thoir t’ iongantais mu’n cuairt.*

Aig an Uinneig

Mussolini agus Abyssinia

NAN deachaidh Mussolini mu’n cuairt a’ Nghnothuich ann an dòigh ghrinn agus ghlic dh’ fhaodadh e àite-seasamh fhaotainn ann an Abyssinia gun an saoghal uile a thionndadh ’n a aghaidh. Ach cha do rinn e sin; bha a leithid de làmhachas-làidir ’n a bheachd ’s nach b’ urrainn rìoghachdan eile gun taobh Abyssinia a ghabhail. Tha Abyssinia an diugh mar bha Etiopia o shean—“Sìnidh Etiopia a làmhan a mach ri Dia.”

Dh’ fhaodadh Mussolini buannachd fhaotainn do’n Eadailt agus maith a dheanamh ann an Abyssinia na’n d’ iarr e cead rìoghachdan eile ann an dòigh laghail agus ann an dòigh ghrinn, oir tha fhios aca gu bheil an Eadailt cumhann do na tha innte de dhaoine, agus tha fhios aca cuideachd gu bheil Abyssinia glé fheumach air a glanadh agus air solus a leigeil a steach innte. Tha an sluagh fada air an ais; tha iad aineolach agus borb; tha cleachdanna grannda aca a tha dona dhaibh féin agus dona d’an coimhearsnach,

ach air a shon sin tha an còraichean aca mar dhaoine eile, is chan 'eil e ceart gu'n leigtheadh le Mussolini an ciosnachadh le ainneart, agus tighearnas fhaotainn thairis orra. Tha amharus aig daoine gur e a tha deanamh fuil nan Eadailteach cho teth gu bheil nàire orra gu robh na saighdearan aca air an liodairt le feachd de cheatharnaich Abyssinia an 1896. Bu mhaith leò aicheamhail a thoirt dhaibh air son na ruaidh sin.

Abyssinia an diugh

A thaobh meudachd tha Abyssinia mòran na's mò na Albainn agus Sasunn le chéile, an treas cuid na's mò. Tha am fearann àrd; tha cuid de na beanntan a thri àirdead ri Beinn Nibheis, is tha an dùthaich mar gu'm biodh i air a gearradh 'n a h-eileanan le aibhneichean a tha ruith troimh ghlòmhraichean domhain a rinn an t-uisge dha féin. Tha cuid de na glòmhraichean sin ceithir mìle troigh an dòimhneachd. Tha aon loch uisge ann a tha trì fichead mìle a dh' fhad, agus sè ceud troigh an dòimhneachd, ann an cuid dheth. Sin loch ris nach bu mhaith le Breatunn gu'm beanadh an Eadailt, no rioghachd air bith eile, oir tha e ag uisgeachadh na h-Eiphit.

Tha mu cheithir muilleanan de shluagh an Abyssinia, a' chuid mhór dhiubh a' tighinn beò air an fhearann. Chan 'eil à bheag de mhar-santachd a' dol air aghaidh eadar Abyssinia agus dùthchanna eile, oir chan 'eil muilnean, no acfhuinn, no airgiod, no ealadhain aca leis an dean iad marsantachd, ged tha bailtean-móra an sud agus an so anns an dùthaich. Is e ceann-bhaile na dùthcha Addis Ababa, baile anns am faicear cleachdanna agus salchar agus bochdaimn an t-seann t-saoghail gualainn ri gualainn ri cleachdanna agus gloine agus sòghaltachd an t-saoghail ùir.

Tha mòran de'n talamh ann an Abyssinia maith, is bhreacadh e bàrr maith na'n robh na dòighean tuathanachais aca na b' fheàrr na tha iad. Ma tha beartas air uachdar na talmhainn tha beartas an iochdar na talmhainn cuideachd, iarunn agus òr agus ùileadh agus mèin-chlachan eile. Bha *topas* na h-Etiopia ainmeil ann an làithean Iob.

Tha iad ag aideachadh a' Chreideamh Chrìosduidh, ach chan 'eil aca ach seòrsa leanabail dheth, ceud-thoiseacha bochd agus an-mhunn air a mheasgadh le cleachdanna Iudhach agus cleachdanna cinneachail as mìosa. Ach tha am Biobull aca, agus easbuigean, agus sagartan. Ach chan 'eil a bheag anns an dùthaich as urrainn am Biobull no leabhar eile a leughadh, ach a mhàin na sagartan.

Chan 'eil iad stuama a thaobh bhoirionnach, no a thaobh dibhe, agus chuireadh an dòighean ithimich òrrais air Hìortach. Ithidh iad an fheòil amh; mar is ùire agus is deirge agus is blàithe i, is ann as fheàrr leò i. Sluagh dorcha,

agus sluagh aineolach, agus sluagh borb. Chan 'eil leabhairichean no litreachas aca, no rud air bith a thogas an inntinn ach beul aithris nan seanairean agus naidheachdan faoine mu fhamhairean agus mu naoimh. A réir beul-aithris na dùthcha thàinig rìghrean Abyssinia bho mhac a bha aig Solamh o bhan-rìgh Sheba.

Abyssinia agus am Biobull

Tha Abyssinia air a h-ainmeachadh iomadh uair anns a' Bhiobull fo'n ainm Etiopia. B'e sin seann ainm na dùthcha, an t-ainm a thug na Greugaich agus na Romanaich do'n fhearann ris an abrar anns an Eabhra *Cuis*. B'e Cuis mac Ham; thuinich a shliochd anns an fhearann a tha Deas air an Eiphit. Ach chan e na crìochan a bha aig Cuis no aig Etiopia anns na làithean sin na crìochan a tha aig Abyssinia an diugh, ged is e na ceart dhaoine a tha ann fhathast a bha ann ceudan bliadhna roimh theachd Chrìosd.

Tha dà chaillteanach a bhuneadh do Etiopia air an ainmeachadh anns a' Bhiobull, Ebed-melech a bha truaicanta ris an fhàidh Jeremiah an uair a chuireadh anns an t-slochd e, agus a thug a nìos as an t-slochd e, agus an caillteanach eile a bha 'n a bhàillidh fo Chandace, ban-rìgh na h-Etiopia. Theagamh gur e an caillteanach so a thug an creideamh Chrìosduidh do Abyssinia an toiseach. Tha caillteanaich ann an Abyssinia fhathast, agus is e sin aon de na h-aobhair gu bheil Mussolini cho feargach riu agus cho tàireil orra, iad a bhi fulang an seòrsa grannda dhaoine sin.

Is aithne do'n h-uile duine a tha eòlach air a' Bhiobull am facal a thubhairt am fàidh Jeremiah, *An urrainn an t-Etiòpach a chraicinn a mhàthadh?*

Maois agus Etiopia

Anns an dara caibideil deug de'n leabhar ris an abrar *Aireamh* tha naidheachd neònach air innseadh mu Mhaois agus mu'n mhnaoi o Etiopia a phòs e. B'e Siporah a' bhean a phòs Maois anns an Eiphit, nighean do shagairt Mhidiain, o'n robh teaghlach aige. Ach faodaidh e a bhith gu'n do shiubhail Siporah, agus an déidh a bàis gu'n do phòs Maois té eile. Co dhiu tha e coltach nach robh Aaron agus Miriam toilichte an uair a phòs e a ris (ma's e an dara pòsadh a bha ann), agus ged nach 'eil am Biobull 'ga ràdh air a cheann, theagamh gu robh iad a' sealltuinn sìos air boirionnach à Etiopia agus a' saoilinn nach robh e ceart d' am bràthair e féin a cheangal ri dubh-claile de 'n t-seòrsa ud. Ma's e sin a bha 'n an inntinn, cha d' innis Dia dhaibh, an uair a labhair e riu, co dhiubh a bha Maois ceart no ceàrr anns an té ud a ghabhail mar mhnaoi, ach thubhairt e riu gu robh e danna dhaibh-san a ghabhail orra féin labhairt an aghaidh a sheirbhisich, an aghaidh Mhaois.



Clìù is Uaisleachd Chrìosd

LEIS AN URRAMACH CALUM MAC LEòID, M.A., EAGLAIS IAIN KNOX, AN GLASCHU

“Tha am fear so ag gabhail pheacach d’a ionnsuidh agus ag itheadh maille riu.”—LUCAS XV. 2.

‘S ANN ’na athais a bha so air a radh mu’n t-Slanuighear bheannaichte an toiseach. Bha a naimhdean de’n bheachd nach robh ni bu tàmailtiche a b’ urrainn dhaibh a radh mu dheidhinn na gu robh e ag gabhail pheacach d’a ionnsuidh agus ag itheadh maille riu. Is ann, mata, ’na immisg is mar thàmailt a bha so air a thilgeil air an Tighearna an toiseach. Ach is minic a thainig facal glic á beul an amadain, agus is ann mar sin a bha ’sa chuis so. Bha am fear so, agus tha am fear so, ag gabhail pheacach d’a ionnsuidh agus ag itheadh maille riu ; agus is e sin facal a’ ghliocais is na firinn.

Tha rud eile ann a gheibh thu ’san Tiomhadh Nuadh. Is e sin an Tighearna Iosa ag gabhail thuige fein mar chliù is mar urram athaisean a bhatar a tilgeil air. Gheibh thu esan uaireannan a’ deanamh naill as nithean a bha a naimhdean ag cur as a leth mar mhasladh is mar chuis-nàire. Tha am fear so ag radh gu’n d’ thainig e a nuas o neamh, ars’ iadsan, agus leis an sin, iad a smaoinichadh nach tugadh neach ’sam bith creideas do dhuine theireadh a leithid. “Shaor e muinntir eile, e-fhein chan urrainn e shaoradh,” agus so aca ’ga thilgeil air mar thàmailt. Ach ghabh esan ris na nithean sin mar an fhìrinn agus rinn e uail asda. Bha an fhìrinn mu a dheidhinn a’ tighinn á beul nan amadan fhéin. Agus mar an ceudna thilg iad air, “Tha am fear so ag gabhail pheacach d’a ionnsuidh agus ag itheadh maille riu.”

Is e duine gun diù ’nam beachd-san—duine gun chliù gun chreideas—a bhitheadh ’na chompanach aig peacaich is aig daoine gun diù, agus a’ suidhe aig an aon bhòrd riu. Arsa na Phara-saich : nach cuala sinn aig ar n-athraichean, agus tha a h-uile ni a chuala sinn aca-san ceart agus fìor, gur h-ionmhuinn le gach neach a choltas. ’Se duine gun diù a tha so gun teagamh, no cha bhiodh e an comunn nam peacach mar a thà e. Dé maith dhuibh a bhì bruidhinn, ars’ iadsan ris an fheadhainn bha ag radh gu’m b’ fhàidh e, agus riu-san a bha smaoinichadh gu’m b’ esan am Mesiah a bha gu teachd, dé am maith dhuibh bhì bruidhinn, tha am fear so ag gabhail pheacach d’a ionnsuidh agus ag itheadh maille riu.

Ach rinn esan gairdeachas ann a bhì gabhail pheacach d’a ionnsuidh agus mheas e mar ghloir is mar urram e. A charaid, is e cridhe is gloir an t-soisgeil, gu bheil am fear so ag gabhail pheacach d’a ionnsuidh.

1. *Beachdaichmid an toiseach mata, air an so—Crìosd ag gabhail pheacach d’a ionnsuidh.*

’Se peacaich tha e coltach, a bha e, agus a tha e, ag gabhail d’a ionnsuidh. A nis gun an tuig sinn de an seorsa dhaoine a tha ’sna peacaich, amhaireidh sinn air an gné dhaoine bha an Tighearna ag gabhail d’a ionnsuidh. Bheir sinn cuid dhuibh an lathair mar fhianuisan chum is gu’m faic sinn de an gné dhaoine a th’ unnta.

Gabhaidh sinn an toiseach Sachéus. Dé an seòrsa duine a bha ann-san ? Bha duine dicheallach, deanadach, do ’m bu mhaith a b’ aithne a ghnothach fhéin—fear a fhuair air adhart gu maith ’san t-saoghal-sa. Bha an deagh chosnadh aige, co-dhiù bha a thighinn a steach ’na chuis-fharmaid do mhóran, agus bha e a nis ’na fhìor dhuine beartach. Ach bha e cruaidh-chridheach, crìon agus mion, gun spéis do Dhia no do dhuine mun biodh e chum buannachd dha-fhéin—creutar beag anns a h-uile dòigh, ’na phearsa is ’na spiorad is ’na imtinn. Rud eile, cha robh dad dhù e aige d’a chinneadh fhéin no do na bhuneadh dhaibh—aon chuid an càinain no an ceòl no an creideamh. Nochd e sin leis an obair a bha aige, a chis-mhaorsainneachd, obair nach sealladh Iudhach ceart an taobh a bha i, agus e air a phàigheadh leis na Ròmanaich, naimhdean a chàirdean is a chinnidh féin. Ach is e Sachéus a bha coma, agus e a’ deanamh a shaoibhris. Ged is salach an obair, ars esan, is geal a pàigheadh. ’Se duine gun diù, creutar mion bréun, a bha an Sachéus. Ach ghabh Crìosd ris agus rinn e caraid d’eth.

Fhaic thu nis, a bhean thrugh a thainig a steach do tigh Shimoin, am Pharasach, agus Iosa aig biadh ann. Nuair a chunnaic Simon an boirionnach bochd so—agus i air a cliù agus a nàire a chall—a tighinn a steach d’a thigh-san an measg dhaoine ceart agus cliuteach ghabh e uamhas agus cach còmhla ris ; gu h-àraidh nuair a sheas i air culaibh a’ Mhaighstir ag gul, agus a thòisich i air ungradh a chasan le ola chùbhraidh a bh’ aice ann am boca alabastair, agus a’ beantainn ri a chasan agus ’gan tiormachadh bho a deoir le falt a cinn. Thubhairt Simon leis fhéin: nam b’ fhàidh an duine so, bhiodh fhios aige cò i a’ bhean so tha beantainn ris, agus ciod is gné dhi, oir is peacach i ; agus cha leigeadh e leatha bhì cho dàna air. Ach ghabh Crìosd rithe. Bha i ’na cuis-nàire is ’na briseadh-

crìdhe do na bhuneadh dhi, ach ghabh Iosa rithe. Gu dearbh is iad a dh' fhaodadh a radh : "Tha am fear so ag gabhail pheacach d'a ionnsuidh agus ag itheadh maille riu."

Gairmidh sinn a nis neach eile mar fhianuis gu bheil Iosa ag gabhail ri peacaich—gadaich air a' chrann—duine a bha coma co-dhiù de an cron a dheanadh e air daoine eile. Bha e ceart coma càit am faigheadh e rud, nam faigheadh e e.

Bheireadh e bho'n bhantraich is bho'n bhochd; agus chan e mhàin gu robh e 'na mheirleach ach bha e 'na fhear-reubainn is 'na mhurtair—brùid duine a bha na chuis-eagail is 'na chuis-ghràin do na h-uile. Ach ghabh Iosa ris. Tha Iosa, a chairdean, neònach da rìreadh nuair a ghabhadh e ri trusdar de'n t-seorsa so. Bha an fhirinn aig na Pharasaich nuair a thilg iad air gu robh e ag gabhail pheacach d'a ionnsuidh.

Antà, arsa tusa, faodaidh sin a bhi, ach taing do'n t-sealbh chan 'eil mise coltach aon chuid ri Sachéus, no ris a' mhnaoi thruaigh ud, no ris a' mheirleach. Tha ioma fàilingeadh is laigse ormsa ach chan 'eil mi cho talmhaidh no cho an-ìochdmhor ri Sachéus; agus a thaobh na mnatha truagh ud tha fhios aig Dia is aig daoine nach 'eil mise ciontach do na peacaidhean do robh isc, agus nach tug mi tàmailt no tàire do ma chàirdean a riamh.

Tha mise ag creidsinn gu bheil an t-uil-fhirinn agad; ach stad ort, gairmeamaid fianuis eile. Thigeadh Peadar a' làthair. Dé an seòrsa duine a bha ann-san air tùs—ann an Simon mac Ionais? Bha an leithid so : duine leis am bu mhiann a thoil fhein, agus a' chiad fhacal a bhi aige anns gach cuis agus am facal mu dheireadh cuideachd—duine féineil, beachdail, ceann-làidireach. Tha sin n'as coltaiche ri cuid againn nach 'eil? Bha Peadar 'na pheacach mar an ceudna agus ghabh Crìosd ris agus gabhaidh e ruinne mar an ceudna.

Fhaic thu Tomas cuideachd. Bha esan 'na dhuine tuigseach is toiniseil 'na bheachd fhéin; duine a bha ag cleachdadh inntinn agus na buadhan eile a thug Dia dha; agus mar sin cha ghabhadh e neach sam bith air fhacal, no ni sam bith gun a dhearbhadh. An ni a chitheadh an t-sùil agus a chluimheadh a' chluas agus a bha làn chruaidh fa chomais a laimh is a chois, chreideadh agus ghabhadh e ris an sin, agus ris an sin a mhàin. Cha robh e idir 'na leithid de bhlah-laoghan agus gu'n creideadh e ni sam bith gun a dhearbhadh. Cò ghabhadh mar chinnt nithean nach urrain dha a dhearbhadh le shùil le làimh no le' inntinn? arsa Tomas.' Is e peacach a bha ann an Tomas agus is e am peacadh a rinn e cho mi-chreidmheach ann an nithibh spioradail is a bhà e. Tha siol is gineil Thomais gu maith lionmhor 'nar latha-ne, nach, 'eil? Ach ghabh Crìosd ri Tomas agus tha e ag gabhail ri móran d'a shliochd.

Gairmidh sinn aon fhianuis eile. Leig Eoin an làthair. So agad gille grinn agus caomh, fear a bha uasal 'na nadur a riamh o òige, agus anns an robh ùigh aig na h-uile, agus aig an robh àite is urram bho gach neach d'am b' aithne e. Ach bu pheacach e agus ghabh Crìosd ris-san cuideachd.

Tha, mata, Crìosd ag gabhail ris a h-uile seòrsa duine, olc is maith mar a tha iad, agus iad uile 'nam peacaich. Antà, arsa tusa, is ann agam a tha fhios ged nach robh mi fìor choltach ri aon de na dh' ainmich sibh. Ach bha mi 'nam pheacach; is ann o'n là a ghabh e rium a fhuair mi sin a mach da rìreadh. Tha e fìor, a chàirdean, gu bheil Crìosd ag gabhail pheacach d'a ionnsuidh. Is maith dhuinne gu bheil. Gabhaidh e riut-sa ge b'e do shuidheachadh no do ghné no do pheacadh—a cheart cho cinnteach is a ghabh e ris a' mhuintir ud a thog fianuis air a thaobh.

So an seòrsa dhaoine ris am beil Crìosd ag gabhail—a h-uile neach a thig d'a ionnsuidh.

2. *Carson, ma tha, tha Crìosd ag gabhail pheacach d'a ionnsuidh agus ag ithe eachd maille riu?*

(a) Thà, dìreach gus an iompaich agus gus an atharraich e iad. The cuid de dhaoine ann agus bithidh iad coltach ris a' chuideachd anns am bi iad. Ma tha a' chuideachd grinn agus glan bithidh iad-san coltach riutha fhad 'sa bhios iad 'nan comunn. Ach ma theid iad do chuideachd a tha fuasgailte is mi-chùramach agus nach 'eil ro ghlan an cainnt no an giùlan tha e buailteach dhaibh-san a bhi coltach riu. Gu dearbh an neach as fhèrr againn tha e buailteach dha ma bhitheas e an droch comunn gu'n lean ni-eigin nach 'eil glan is ceart ris. Ach cha robh Iosa an cuideachd neach a riamh gun a bhi ag atharrachadh an neach sin gu bhi coltach ris fhein. An àite ni sam bith de'n droch spiorad a tha ann an droch dhaoine a bhi leantainn ris-san is ann a tha a ghlòir-san agus a spiorad naomh-san a leantainn riu-san a bhios 'na chomunn, ge b'e cho truagh is cho peacach is a tha iad an toiseach. Cha chuir ni salach smal air a naomhachd-san ach ni a naomhachd-san glan agus glòrmhor a' mhuintir a bhitheas 'na chomunn.

Tha cuimhne agam a bhi faicinn dithis bhàlach uaireigin ann an sabhal a feachainn ri gathan na greine a bha tighinn a steach air an unneig a shalach le bhi tilgeil puill air gathan na greine. Ach bha am poll a dol troimh ghath na greine gun sal gun smal fhàgail 'na dhéigh; ach is ann a bha a' ghrian ag cur grinneas agus glòir air a' pholl. Sin mar a tha Crìosd, cha chuir sinne le ar peacaidhean sal airsan ach atharraichidh e sinne agus cuiridh e a ghlòir is a mhaise fhéin oirnn. Is ann gus ar n-atharrachadh a tha e ag gabhail ruinn agus sinn 'n ar peacaich.

Bha sinn a labhairt air Sachéus. Seall an atharrachadh a rinn Criosd airsan. Dh' iompaich e agus gu bhí 'na dhuine fialaidh fosgarra, gu bhí coibhneil càirdeil ri na bochdan is ris na h-uile, thug e spiorad Dhé, spiorad a chathranna is dha, agus o so a mach bha ùigh aig Sachéus 'na chinneadh is 'na dhùthaich fhéin cho maith ri muinntir eile.

Rinn e an atharrachadh ceudna air Simon Peadair. Thug e dha bhí meas dhaoine eile n'as mò na e-fhéin agus a bhí daonnan a beachdachadh dé mar a b' fhearr a sheasadh e taobh is teasgag a Mhaighstir, an àite a bhí riarachadh inntinn is aineolais fhéin.

Eadhon an gadaich air a chrann, dh' iompaich is dh' atharraich e esan; g' dhuisg e gràdh is beatha naomh 'na anam air chor is gu robh e ullamh gu bhí maille ris an t-Slànuighear bheannaichte fhein ann am Pàras.

Agus Eoin caomh anns an robh gné na h-uaisleachd o òige a nuas dh' iompaich is dh' atharraich e cuideachd, agus chuir e grinnead a naombachd fhein agus sòlas a ghràidh shiorruidh 'na anam.—rinn e an aitreabh ud a bha cho eireachdail o thùs—Eoin—glan agus sgeadaich is dh' uidheamaich is bhlàthaich e i, agus chuir e loinn na diadhachd is na glòire oirre le a làthaireachd fhéin.

Antà, arsa tusa, dh' fhaodainn-sa innse cuideachd an atharrachadh a rinn e ormsa. Bha mi fuar marbh ag gleidheadh an lagha cho maith is a rachadh agam air, ach bha mi gun bheatha gun aoibhneas gun iarraidh bheò air Dia no air nithibh spioradail. Ach dh' atharraich esan sin, agus an diugh, a dhuine, tha mi air sgiathalach le aoibhneas gràidh Dhe agus le lanach na beatha a thug e dhomh.

Agus mise cuideachd, tha thusa, a bhean, ag radh. Bha mi deanadach dileas do'm thigh is do'm theaghlach. Bha fhios agam an déigh sin gu robh mi fada a' tighinn gearr air beatha is sòlas muinntir eile an Criosd. Ach ghabh esan rium; agus an uair sin thainig beatha is càil thugam do nithean gràsmhor Dhé agus chuir esan ceòl naomh 'nam anam.

Thà, O thà, e ag iompachadh is ag atharrachadh dhaoine; agus sin a' dol air adhart fad am beatha. Tha am fear so ag gabhail pheacach d'a ionnsuidh agus 'g an atharrachadh, a cur a ghràidh is a bheatha fhéin 'nan cridheachan, agus a cur a sgéimh is a loinn fhéin air an anama is air an caithe-beatha.

(b) Tha e a rithist ag gabhail dhaoine d'a ionnsuidh gu bhí ag itheadh maille riu.

Tha e toirt slàinte is beatha is càil dhaibh, agus is ann an uair sin a tha iad ag cur feum air a bhìadh agus a tha càil aca dha. Tha e ag gabhail riutha gus am beathachadh agus gus an riarachadh. Tha pailteas agus n'as leòr aige-san dhaibh. Is e-fhéin aran na beatha agus cha bhí dìth no deireas orra comhla ris. Nach ann

mar sin a thachair dhuinne, a chàirdean, o an sàsachadh is an riarachadh a thug e dhuinn, agus neart is slàinte an cois a bhidhe sin. Tha am biadh so ag cur spionnaidh annainn gu obair a dheanamh. Tha deagh bheathachadh an Tighearna ag cur spionnaidh 'na shluagh gu saothair is gnothaich a dheanamh dhaibh-fhein agus dha-san agus d'a aobhar. Tha e ag ithe maille riutha gus am bidh iad coltach ris-fhein ann an neart is am feum.

Rud eile. Chì thu dreach am bidhe orra. Aithnichear orra-sann nach ann air a' ghainne a tha iad—gu bheil iad air an deagh bheathachadh air biadh spioradail is lòn neamhaidh.

Agus tha so fìor cuideachd, gur h-e ar càirdean a bhitheas sinn a toirt gu ar buird a dh' ithe maille ruinn; co-dhiù còlaich is muinntir nach 'eil 'nan naimhdean dhuinn. Bheir sinn biadh do'n choigreach, is sinn a bheir, ach gu ar bord fhein iarraidh sinn ar càirdean is ar luchd-daimh. "Is sibhse mo chàirdean-sa ma ni sibh gach ni a dh' àithn mi dhuibh." Tha, ma tha, Criosd ag ithe maille riutha-sann agus 'gan deanamh 'nan dluth chairdean dha-fhein—daoine peacach mar a tha sinne ann. Tha a bhìadh is a bhord 'na chomharra air an sin.

Aon ni eile. Is e muinntir aig a' bheil ni-eigin de'n inbh is an t-suidheachadh a tha againn fhein d'an toir sinn cuireadh do ar buird a dh' ithe maille ruinn. Bheir sinn biadh do 'n diol-deirce is do'n duine gun diù iomadach uair, is sinn a bheir, ach cha chuir sinn iad 'na suidhe maille ruinn fhein aig a' bhord, agus cha ghabh sinn riutha mar fhìor chàirdean. Is e daoine a tha 'san aon inbh is an aon suidheachadh ruinn fhein a bheir sinn gu ar buird. Tha Iosa mata, ag cur pheacach mar tha sinn ann 'san aon suidheachadh ris-fhein agus a toirt dhuinn an inbh àrd agus usal a th' aige-fhéin. Tha e ag ithe maille ri peacaich.

Leugh mi an àit-eigin mu dheidhinn Mhic-Dhomhnaill nan Eilean gu'n deachaidh e is e 'na dhuine òg sgrìob do Lunnainn a thaghal air an rìgh. Cha robh an rìgh air MacDhomhnaill fhaicinn a riamh agus mar sin cha b' aithne dha e. 'Se, ma tha, fìor dhuine mór-chuiseach agus uaibhreach a bha MacDhomhnaill; bha e 'ga mheas fhein 'na rìgh air na h-Eileanan, agus bha e ann an sin. Nuair a rainig e pàlas mòr an rìgh bhathas a suidhe sios gu biadh. Bha an rìgh an ceann a' bhuirid, agus shuidh MacDhomhnaill 'sa chiad àite freagarrach faisg air ceann-shìos a' bhuirid gun fhacal a radh. Bha fhios aig cuid de mhòrairean na cùrte cò e, agus gu'm b' dhuine òg e a bha uaibhreach is cuamhachdach an Alba. Chaidh aon fhear glic de na mòrairean far an robh an rìgh agus chuir e sanas 'na chluais gu robh duine mór agus cuamhachdach da rìreadh an sid shìos aig a' bhord—Buachaille nan Eilean, Mac-Dhomhnaill òg—agus gun fhios nach gabhadh e dium-

badh mur a faigheadh e an àite is an inbhe a b'airde, agus gu'n deanadh e buaireadh an ceann-a-tuath na rioghachd gu'm b' fheàrr dha iarraidh air a thighinn a nios gu ceann a bhùird ri taobh an rìgh. Glé cheart, ars' an rìgh, iarr air a thighinn a nios an so ri mo thaobh fhéin aig ceann a' bhùird. Rinn am morair sin, ach nuair a chuala Mac-Dhomhnaill e, thug e sùil suas air an rìgh agus thubhairt e an lathair na

bha ann : “ Na cuireadh ur mórachd dragh sam bith oirbh-fhéin, far an suidh Mac-Dhomhnaill is e sin ceann a' bhùird.” A charaid agus a bhana-charaid, far an suidh thusa is mise maille ri Críosd is e sin ceann a' bhùird, anns an inbh as airde a measg maithean is uaislean rioghachd Dhé. Tha am fear so ag gabhail pheacach d'a ionnsuidh agus ag ithe maille riutha, agus cliu siorruidh dha ainm air a shon.

Urnuigh Màthar

LEIS AN URRAMACH COLLA DOMHNULACH, D.D., SGIR AN LAGAIN

BHA càraid cheanalta chòir air an robh mi gle Beolach aon uair ann an eilean mara air taobh an iar Albainn. Bha iad air an deagh dhoigh le baile fearainn a bha a ghiulan buaile de chrodh Gaidhealach, ceud no dha de mheanbhechroth agus dà each. Bha fear an tighe diochiollach, gleusda aig baile agus aig margadh. Cha robh a bhean oirleach air deireadh na h-aite fein. Chumadh ise a suas a ceann fein de 'n amall. Bha iad nan deagh chomhearsnaich, caoimhneil, cairdeal, baigheal agus bha an cliu am beul gach neach. Bha esan na fhoirfeach anns an eaglais, agus na 'n robh an dreuchd fosgailte do na mnathan b' airidh ise air aite ri gualainn a fir. Co air bith a bhiodh air ionndrain o'n eaglais air an t-sabaid cha bhiodh aite suidhe an fhoirfich falamh ach esan agus a cheile a bhi 'nan slainte. Bha iad pòsda bliadhnanach ach iolach paisde cha chualas mu 'n dachaigh. Bha an dithis air na toirt a suas do chloinn agus is minic a thuir càch gu 'm b' olc an airidh nach robh teaghlach aca. Bha na bliadhnanach a' dol seachad ach gun mhac gun nighean bha an tuathanach agus a bhean. Cha chualas an gearan agus cha 'n ann tric a dh' eireadh an gnothach so mar chuis seanachais eatorra. Bha an dachaigh cràbhach agus chleachd iad aoradh teaghlach gu riaghailteach a' toirt buidheachais do Dhia airson sochairean an la agus ag iarraidh fhasgadh agus a dhion airson na h-oidhche. Ann an diombaireachd a seomair fein bha urnuigh gun fhacal ag eiridh gu tric o chridhe na mnaoi gu 'm faiceadh i sliochd, na'm b'e toil Dhe e. Agus cha robh a h-urnuigh gun eisdeachd. Thainig leanabh gille orra a lion cupan an gairdeachais. Cha bu lugha gairdeachas an cairdean, gach aon mar gun tigeadh beannachd air fein. Cha robh de theaghlach ann ach an t-aon, agus ann an suilean a mhathair 's ann air Seumas òg a bha a' ghrian ag eiridh. Cha robh dith cothrom no aire air an leanabh agus dh' fhas e suas na bhalach laidir eireachdail. Nochd e tràth buaidhean inntinn os cionn a cho-aoisean agus bha am Maighstir-sgoile agus am ministear a' toirt am barail gun deanadh e ainm iomraiteach dha fein. Ach ged a bha inntinn geur a thogail na

sgoile cha robh Seumas idir measail air an ionnsachadh. Ni mo a bha tlachd aige do dh' obair an fhearainn. Cha deanadh e buachaille ghobhair agus cha deanadh e buachaille chaorach. Thoisich e gle thràth air toirt a mach comunn ghillean a bu shine na e fein, agus bha amharus aig athair gu 'n robh piob thombaca air a ghiulan mu 'n robh e ceithir bliadhna deug. Bha Seumas leig, diomhanach. Bha gradh a mhathar a dalladh a suilean agus cha bu leir dhi comharan a bha a cur iomagain air athair. Rachadh e air cheilidh aig toiseach na h-oidhche agus an dràsda agus a rithist bhiodh aite falamh aig aoradh teaghlach a pharantan agus nan seirbhiseach.

Gu dùrachdach agus gu ciuin chóirich athair e agus ged nach d' thug e droch fhreagairt air athair cha robh a ghiulan a dol am feabhas. Seach trioblaid a chur air a mhathair cha robh athar ag radh a bheag ach bha e soilleir gu leoir gu 'n robh an duine còir fo iomagain. Cha robh ise cho neo-bheachdail agus a bha duil aigesan, ach bha foighidinn neo-sgitheil aice. Dh' fhuirich Seumas aon oidhche anamoch air cheilidh agus cha b' urrain do athair a thrioblaid inntinn a chleith na b' fhaide. Dh' fhosgail e a chridhe ri chompanach agus na deoir a sruthadh gu frasach ri aodann. “ A Sheonaid ” ars' esan “ nach sinne a bha sona an uair a bha Seumas beag, agus nach tric a leig sinn leis an inntinn seoladh air sgiathan ar graidh agus a chunnaic sinn Seumas ann an urram agus fo chliu aig eolaich agus aig comhaich, ach an diugh tha e a bristeadh mo chridhe le dhìomhanas agus a ghòraiche. Tha eagal ormsa nach dean e maith gu brath. Bhithinnsa gle thoilichte 'nan leanadh e mi anns an fhearann a bh' aig m'athair agus mo sheanathair, ach bha fhios agam gu 'n robh mi eile ann a'd amharsa, agus bha mi leagta ri 'd thoil. Thubhairt mi ris gu 'n robh mi dol ga chur do 'n sgoil do Ghlaschu agus dhiult e mi deas agus dìreach. B' aill leam gu'n gabhadh thusa cothrom air a chomhairleachadh.” “ Tha mi faicinn nach bi e furasda a stiuradh ” arsa Seonaid “ ach cha chreid mi gu brath gu 'n toir Seumas tàmailt oirmn.

Thainig Samson mar aonghin mic gu mhathair agus bu mhór a thlachd ann ged chaidh e air seachran agus a thug e cridhe goirt di. Ach ged a dh' iarr i e ann an urnuigh dhurachdach a thogail dhi fein inisg nam mnathan ann an Israel tha amharus agam nach d' rinn e mar a rinn mise urnuigh moch agus anamoch gu 'n gleidheadh agus gu 'n stiuradh an Freasdal Seumas. Tha e ceannlaidir darireadh ach gabhaidh e stiuradh agus cha dean an Tighearna slat-sgiursaidh do 'n ghille anns an do chuir sinn ar n' uigh. Faodaidh gu 'n d' rinn sinn tuilleadh dheth agus a bha glic dhuinn ach, le comhnadh an Fhreasdail, tha mi ann an dochas gu 'n leig Seumas a ghòraiche dheth gu 'n dail agus gu 'n gabh e comhairle a pharantan." Chaidh fearan-tighe mu thamh mu 'n do thill Seumas ach bha a' mhathair a feitheamh air agus fhuair i gealladh Sheumais gu 'n rachadh e do 'n sgoil ann an Glaschu. Cha robh ionnsachadh na uallach air agus rinn e gle mhaith anns an sgoil. Bha balaich a' bhaile a' deanadh fanoid air an toiseach ach bha Seumas laidir misneachail agus thuig gillean a' bhaile gu 'm b' fhearr a shìth na amhreit. Is iomadh ni a dh' ionnsaich Seumas nach robh air a theagasg anns an sgoil. Rachadh e anns an oidhche do sgoil nan dorn, agus a chionn gu 'n robh e fuasgailte, laidir cha do chuir e dragh air a cheud duais a' chosnadh aig an obair so. Ruitheadh e mar mhialchu agus aig cluich na casbhall cha robh anns an sgoil a bheireadh bàrr air Seumas. Cha robh athair idir diumbach gu 'n robh e maith air cluich. Thaitinn am baile mor cho math ris a' bhalach agus ged a thilleadh e dhachaigh anns an t-samhradh bha fiabhras air gus am fosgladh an sgoil anns an fhoghar. Chaidh trì bliadhna seachad agus eadar cluich agus aighear agus ionnsachadh bha Seumas gle shona. An uair a dh' fhag e an sgoil chaidh e do 'n oil-thigh agus air beagan dragh agus ach beag gun fhios da bha e na dheagh sgoilear. Bha toil aig a mhathair fhaicinn na mhinisteir ach nan robh a thoil aig athair is e fear-lagha a bhiodh ann. Cha robh Seumas air a thoirt a suas do dhreuchd sam bi. Air faiche na chuiche bha e mar rìgh air a chompanaich. Cha robh coinneamh chrìdheil aig Gaidheal a' bhaile nach robh Seumas an lathair. Dhannsadh e fad na h-oidhche agus uidh-air-an-uidh thainig e air an dràm. Cha b' e drongair a bh' ann ach bha e ann an cunnart tuiteam fo bhuidh na dibhe. Ach eadar cluich agus diomhanas michuram agus gòraiche fhuair e coir air na litrichean M.A. a chur an deigh ainm. Thainig an la anns an do chuir e dàil, an la anns am feumadh e taghadh a dheanadh air a shlighe. Cha robh thlachd aige do 'n lagh agus cha leigeadh a chogais dha dol ceum na b' fhaide air slighe na cléir. Chunnaic e nach b' urrainn dha aon chuid athair no mhathair a thoileachadh, agus ged nach b' e gealltar a bh'

ann bha eagal air gnùis athair no mhathair fhaicinn. Bha e ann an iomcheist ciod ris an tionndadh e an uair a thachair aon de dhroch companaich air agus na chuideachd thug e America air.

Chaill a pharantan lorg Sheumais mar gu 'n sluigeadh an talamh e. Cha robh fhios aca codhiu a bha e beo no marbh. Chuir athair forfhais anns gach cearn ach sgeul air Seumas cha robh ri fhaotainn. Bu bhochd agus bu bhronach an tuathanach còir agus a bhean. Chaidh iad mu 'n gnothach mar a b' abhaist, ach ainm am mic cha deach thar am bilean am measg nan comhearsnach, agus le uaisle nadurra cha 'n ainmeachadh na cairdean Seumas 'nan lathair. Ach bha am bròn a' deanadh chlaisean 'nan aodann agus bha an aois a' laighe orra le cheile. Thoisich ciabhag an tuathanaich air liathadh agus a shlinnean air cromadh agus theireadh a chairdean "nach e a tha dol air ais."

Cha robh coltas na h-aois cho comharraichte air Seonaid. Aig bun a cridhe bha faireachduinn gu 'n sgaoilleadh neoil an dorchadais agus gu 'n dealradh solus na greine air an t-slighe. Rinn maithas Dhe a dh' eisd ri h-urnuigh ann an àm na h-oige, greim air a cridhe agus ciod air bi a dh' abradh càch cha chreideadh i gu 'm bitheadh i air a mealladh na dochas. Bhiodh a cluasag fliuch le deoir gach oidhche ach suil cha dhùradh i gun urnuigh dhurachdach airson a mic. Bha i cinnteach gu 'n robh e beo ged nach robh dearbhadh aice ach na cridhe fein. Ged a chaidh Seumas bochd air seachran, bha suil a mhathair ri thilleadh. Bha a sheomar deas glan air thoiseach air agus aoidheadh agus gràdh a' feitheamh air. Bha aoradh teaghlaich 'ga chleachdadh mar a b' abhaist agus aig iarrtas Sheonaid bha a choigeamh caibdeil deug de shoisgeul Lucas air a leughadh air oidhche na sàbaid. An uair a chluinneadh i an earrann sin a tha ag radh "Eiridh mi agus theid mi dh' ionnsuidh m' athair, agus their mi ris, athair, pheacaich mi an aghaidh fhlaithenanais agus ann ad lathair-sa" bha faochadh a tighinn gu cridhe agus a dochas a neartachadh gu 'n duisgeadh Seumas, a mac, o mhichuram agus amaideachd agus gu 'n tilleadh e chum dleasdanas agus fireantachd.

Bha Seumas a' caitheadh a laithean mar mhac struidheil ann an America. Bha e a' cosnadh arain ann an tighean cluich nam bailtean mora. Bha e òg laidir agus bha e teoma le dhuirn agus cha robh cion cosnaidh air. Ann an aon ni leig e ris nach robh a chogais reidh ris. Chaidh e fo ainm gallda seach smal a chur air deagh ainm Gaidhealach athar. Ged a bha a thuarasdal mor, sgillin cha chuireadh e seachad airson la na h-eiginn. Thainig oidhche anns an do thachair a mhaighstir air Seumas agus cha 'n e a mhain gu 'n do chaill e binn a bhreitheamh anns a chaonnag ach mar a bha mi-fhortan an dàn da

bhriseadh dithis de 'aisnean agus a ghairdean cli. Bha airgid gle ghann mu 'n robh e na shlainte a rithist, agus an uair a bha airgid gann cha robh a chairdean lionmhor. Thigeadh aogas a mhathair ga ionnsuidh ann an aising na h-oidhche ach dhichuimhneachadh e i ann an upraid an la. Bha e aon oidhche sàbaid a' coiseachd sraid gu sgith, airsneulach agus bha am feasgar blàth. Chunnaic e cothional a' cruinneachadh aig aon de na h-eaglaisean agus stigh le càch ghabh e. Cha 'n ann a dheanadh aoradh a chaidh e, ach bha e sgith agus bha dubhar anns an eaglais o 'n teas loisgeach a bha air an t-sraid. Bha rudeigin ann an guth an t-searmonaiche a dhuisg aire, agus dh' aithnich e gu 'm b'e fear duthcha dha fein a bha anns a' chrannaig. Thug guth a mhinisteir a chairdean na chuimhne agus an uair a thill e do 'n tigh-osda anns an robh e fuireach bha e gle neo-thoilichte le chaithe beatha fein. Aon ni gu 'n deanadh e cha b' urrainn dha gun a bhi breithneachadh air na chual' e. Cha robh a chadal ach luaineach an oidhche sin. Bha

gleachd air faiche anama mar a bha eadar Iacob agus an t-aingeal agus thug an t-aingeal a bhuaidh. Chuimhnich e air a mhathair agus a dochas gu'm bitheadh e fein na fhear-teagaisg. Chuir e roimh gu'n treigeadh e an t-slighe fhair air an deachaidh e cho fada agus, le comhnadh Dhe, gu'n athcheannachadh e an aimsir a mhìbhullich e agus gu 'n caitheadh e an còrr de 'bheatha ann an seirbhis Dhe. Thill e do Ghlaschu agus chaidh e do 'n oil-thigh a rithisd. Cha do thachair neach air a b' aithne dha. Bha a chompanaich uile air falbh agus na gillean oga a bha leis cha b' aithne dhaibh eachdraidh Sheumais, ni mo a dh' fhiosraich e iad. Bha e bliadhna ann an talla na diadhaidheachd mu 'n do sgrìobh e dhachaigh. Sgrìobh e litir ag innseadh do athair gu 'n d' thainig atharrachadh air agus gu 'm faiceadh a mhathair fhathasd e ann an crannaig. "Nach ann againne a tha an dearbhadh air maitheas Dhe" thubhairt Seonaid ri fear "fhuair sinn e an dara uair o Dhia agus is fhearr an dara uair na cheud uair."

An Eaglais Agus Comunn Na H-Oigrìdh

LE SEÒRAS E. MARJORIBANKS, AN SONACHAN

THA dòchas agam nach cuirear an ro-dhàn-tachd as mo leth-sa a thaobh a bhi caig-neachadh an dà ainm so fo 'n aon cheann car tacain—an dara h-aon 's a freumhan ann an arsaidheachd ar creideimh, tomadachd nam miltean bhliadhnaichean 'na stoc, agus ceithir rannan ruadha an domhain fo dhubhar iochd-mhor a geugan: an t-aon eile 'na fhàillean air ùr-bhreith, ag gobachadh a mach o'n talamh air éigin. Ach is e is lethsgèul do 'n chaig-neachadh a rinneadh gum bheil fhios aig an fhìuran mhaoth gur faoin a bhi cur a aghaidh air fàs mur faigh e beannachd na craoibhe móire.

Aidicheamaid air ball, gun eagal gun ghò, gur e sin a tha Comunn na h-Oigrìdh ag iarraidh—beannachd na h-Eaglais. Tha "beannachd" a' fillleadh a steach dà ni a tha gu h-àraidh feumail, co-fhaireachadh agus co-oibreachadh. Agus gun fhios nach bi cuid a' feòraich ciod a tha 'san fhradharc aig Comhairle Clann an Fhraoich, a' bhuidheann sin de 'n Chomunn Ghàidhealach do 'n tugadh freagarrachd na h-oidhirp so, cuireamaid sìos e am beagan fhacal.

Prìomh Chuspair-stiùraidh : Gum bi beatha Comuinn na h-Oigrìdh, agus trid-san beatha nan Gàidheal gu léir, 'na beatha làn, fhior-Ghàidhealaich, agus a' Ghaidhlig 'na inneal-comhludair aig a'bheatha sin, air feadh na Gàidhealtachd.

Meadhonan : Clann na Gàidhealtachd a bhuidhinn air taobh na Gàidhlig agus Fòghlum na Gàidhlig : An arach 'nan deagh Ghàidheil,

agus 'nan deagh bhuill de'n chomhfhlaithreachd; An inntinn agus an cuirp a thoirt gu'n inbhe as àirde; An teagasg gu bhi deanamh uail as an Simnsrean agus an Eachdraidh; An deanamh eòlach air obair-làimhe agus air ealdhainean dùthchail; Dian-chomhairleachadh dhaibh modhalachd, pongalachd agus spiorad na seirbhis dh'an coimpirean.

Cha chreid mi fhéin gum bheil móran, ma's e gum bheil dad, anns na rùintean so do am faigheadh aon Mhinistear ann an Eaglais na h-Alba coire. Thairis air a' chuid mhóir de 'n Ghàidhealtachd is beag a tha Clann ar sgoilean a' faotuin de threòrachadh ann an nithean cuideachdail is gràdh-dùthcha. Cha mhór an tolladh a rinneadh leis na *Boy Scouts* is na *Girl Guides* a steach do na ceàrnan iomallach sin; agus a dh' innseadh na firinne is feàrr le Clann an Fhraoich gun àraichear Clann na Gàidhealtachd a réir nan nithean as feàrr ann an gnàth-san agus beul-aithris nan daoine bho'n tàinig iad, agus còmhla ris a sin, gun cuidich iad leinn gu an cànan a shàbhladh, rudan nach eil an sealladh nan gluasadan sin idir.

* * * * *

Is ann mu'n àm so an uiridh a chuireadh ceud "Fheachdan" Comuinn na h-Oigrìdh air bonn, agus 'san ùine ghoirid sin rinneadh tóiseach-tóiseachaidh mar nach ole. Tha aig an àm so dà Fheachd deug ar fhichead agus suas ri 700 Ball anna, a' chuid mhór anns na h-Eileanan Siar. Fhuair na Balaich camain a nasgaidh o'n Chomunn Ghàidhealach, agus na Caileagan

nithean air son obair ghréise. Chuireadh sùrd as t-Samhradh air na Feachdan a chruinneachadh le chéile an sud is an so, far an d' fhuair iad cuirm-chnuic aoibhneach le cluichean agus tea 'na cois, agus rud a b' fheàrr, eòlas air a chéile agus air rùintean a' Chomuinn ùir 'san tug iad an gealladh a bhí 'nan "deagh Ghàidheil." Aig deireadh an t-seisein sheas mòran de na Buill paipear-ceasnachaidh Gàidhlig, agus le buaidh fhaotuinn am fhuair iad an tùs-inbhe "Gàidheal" àrdachadh gu "Làn-Ghàidheal." Bithidh deuchainn eile fosgailte dhaibh sin an ath-bhliadhna troimh am faod iad ruigheachd air an inbhe is àirde, "Sàr-Ghàidheal." Bha co-fharpuisean àraidh aig cuid de na Mòdan dùthchail air son Comuinn na h-Oigridh. Tha Clann an Fhraoich gu dripeil a' deasachadh dealbhan-cluiche agus nithean eile de 'n t-scòrsa sin fa chomhair an t-seisein ùir. Chan e an sùgradh a bhios aig Fir-dheibhe a' Chomuinn Ghàidhealaich ag cur Feachdan ùra air bonn, chionn cha bhí e 'na ioghnadh ma chuireas Comunn na h-Oigridh uibhir eile ris fhéin, no dh' fhaoidte a dhà uibhir, mu'm bi e bliadhna na's sine. Tha "Ceann-Feachd"—maighstearsgoil no ban-sgoilear—a' stiùradh obair na Feachd anns gach àite. Tha 'n Ceann-Feachd, ann an seadh àraidh, 'na aoghaire do 'n Cloinn, 'gam brosnuchadh gu bhí deanamh an díchill a chum ruigheachd air làn-thoradh an dualchais mar Ghàidheil. Tha "Ceannard" air ainmeachadh am measg Buill gach Feachd leis na Balaich féin, agus "Bana-Cheannard" leis na Caileagan. Sin agad cuid de ghnìomhachas a' Chomuinn ùir so, agus is iomadh rud eile a ghabhas cur ris ma gheibh a luchd-stiùraidh an cuideachadh a tha dhith orra.

* * * * *

Air son dà aobhar sònruichte tha Comunn na h-Oigridh am feum comaraich is cul-taic cho math ri cuideachadh beothail Ministearan na h-Eaglais. A dh' aon chuid dheth tha e 'na ni ion-mhiannaichte gun dean iad an cuid ann an comh-dhealbhachd obair a' ghluasaid so. Gu ruig a so is ann air maighstearan agus ban-maighstearan nan sgoilean a tha tromlach na h-oibre a' laighe, agus an t-urram dhaibh airson mar a chuir iad an gvaillnean rithe. Chan urrainn sud seasamh. Chan e mhàin gur còir cròilean beag de luchd-dreuchd a bhí aig gach Ceann-Feachd a bheir cobhair dha: feumar na Feachdan a ghrunnachadh a réir Roinnean nàdurra na dùthcha agus Comhairle a bhí air ceann gach Roinne, agus gnothuichean coitchionn a riaghladh agus na deanadasan tlachdmhor a thoirt fa chomhair nam Feachd as eugmhais nach cumar tlachd na Cloinne 'san obair. Nis, air a' Ghàidhealtachd, agus a sheachd sìochain anns na h-àitean iomallach, is e a' bhochdainn uile a dhorraid 's a tha e na daoine fhaotuinn

a lionas na dreuchdan sin. Cò a ni an t-eitean as am faighear roinn de luchd-cuideachaidh Comuinn na h-Oigridh, agus do'n urrainn làmh a chur air daoine freagarrach eile ach Ministearan na Gaidhealtachd? Gu deimhin is mór am fogharadh, ach is tearc an luchd-oibre. Thigibh thairis gu Macedonia, agus cuidichibh leinn.

Is ann air grunnnd na 's àirde, agus a h-uile buille cho feumail, a tha mi 'g iarraidh gnùis na h-Eaglais do'n oidhirp ùir so. O chionn beagan bhliadhnaichean air ais tharruing Ministear Eaglais na h-Alba ar n-aire a dh' ionnsuidh aogaisg àraidh de 'n "Ghluasad Chéilteach" a shaoil leam a bha air leth cudthromach. Bha e gearan gun robh na h-oidhirpean a bhatar a deanamh as leth ar Cànain aosda, tuilleadh is fada dealaichte bho aire is urram do nithean spioradail, agus thug e an deagh rabhadh dhuinn nach b' ion fhuighar a bhí againn gum maireadh a' Ghàidhlig fada mur a cuireamaid drochaid thar a' bhearn sin. Tha sin cho fìor 's a ghabhas a bhí, agus chan iarraimnab' fheàrr na dlùth-cheangal a bhí aig Comunn na h-Oigridh ris an Eaglais o làithean a cheud tòiseachaidh. Ni sin cinnteach gum bi a dheanadasan air an lì-dhealbhachd le h-ùmhachd do nithean àrda. ionmholta; a rùintean air am blàth-dheacadh le spiorad na seirbhìs agus an fhein-àicheidh. Cha lugha na sin a dh' fhòghnas do Chomunn aig am bheil gnothuch ri àrach Cloinne.

* * * * *

Ghabh mi cuairt o chionn ghoirid an Cuimridh a dh' fhaicinn dòighean-oibre "Urdd Gobaith Cymru" (Comunn Dòchas Cuimridh) anns am bheil suas ri 70,000 duine-cloinne, agus am measg nithean eile a dhrùidh air m' inntinn 'sa Ghluasad òirdheirc sin bha 'n co-chomunn caidreach a ghleidhear eadar iad 's an Eaglais. Tha aon chleachdadh aca a shaoil leam a bha sònruichte feumail, "*Sul yr Urdd*," 's e sin Dòmhnach Comuinn na h-Oigridh. Tha 'n là sin air a shònruichadh an dràs 's a rithis ann an Eaglaisean àraidh feadh na dùthcha, far an cruinnich na Feachdan a tha mar dhlùthas cuimseach dhaibh. Bithidh searmoin Chuirrig, freagarrach do 'n Chloinn aig a' Mhinistear, ach tha cuid eile de 'n t-seirbhìs air earbsa ris a' Chloinn féin, 's iad a' faotuinn deagh oilein innte roimh làimh. Tha 'n t-seirbhìs fosgailte do na h-uile, agus mo làmh-sa dhuit, bithidh an Eaglais làn gus na dorsan air Dòmhnach na Cloinne. Nach faodadh Dòmhnach na h-Oigridh a bhí againn air a' Ghàidhealtachd? A thuilleadh air a sin tha Sgoil-Shàbaid 'ga cumail far am bheil an *Urdd* 'ga h-iarraidh, agus tha cuid mhath de na Feachdan air an riaghladh air fad le Caibeil àraidh. Sin agad dòigh no dhà air am bheil an Eaglais a' toirt gnùis do Chomunn na h-Oigridh an Cuimridh, agus nach

ceutach an co-cheangal e? Tha fhios gur còir dhuinn gluasad gu faicilleach 'san dùthaich so, 'a a liuthad aidmheil againn innte. Ach tha Eaglais na h-Alba làn-chomasach air an rathad a sheòladh 'na leithid a dh' obair, agus ma ni i

sin, cha chreid mi fhéin gum bi e aithreach leatha. Mo bhuidheachas do Fhear-dheasachaidh an Fhoir-lìonaidh so gun tug e 'n cothrom dhomh air cùis na Cloinne a chur fa chomhair Eaglais na h-Alba.

Beusan a' Ghàidheil

LE AONGHAS MAC EANRUIG

CHAN 'eil dream air an talamh leis nach toigh an Gàidheal, ma fhuair iad eolas air féin agus air a dhòighean. Tha e ealamh gu labhairt ach mall gu càineadh, agus cha toir e oibheum do neach sam bith ma's urrainn e a sheachnadh.

Is i so, co dhiubh, ar barail féin, agus, a réir gach iomraidh, chan eil sinn fada cearr. Tha feadhainn a bha greis an Africa ag innseadh dhuinn gu'n toir na Boerich cuid na h-oidhche do Ghàidheil an uair a dhùineas iad an dorus le cabhaig air Sasunnaich no air Frangaich.

Chan eil teagamh nach eil clann ar cinnich iorasal, sicir, deanadach, onorach; agus, ma fhuair iad ainm a bhi déidheil air togail chreach, bu chliu sin a bhuineadh do iomadh muinntir a bharrachd orrasan. An diugh, tha iad aig sith ris na h-uile dhaoine, agus cha ghabh iad gnothach gu h-olc ri neach 'sam bith nach gabh droch gnothach riu. Tha na Gàidheil aig an taigh suairce, snasail nan àbhuistean, agus chan eil iad a chòir cho croiseil no cho carach 'sa bheireadh Niall Mac an Rothaich oirn a chreid-sinn ma's thimcheall sluaigh Ghlinne Comhann. Tha aoradh fhathasd 'nan cuid thaighean uair no dà uair 'san latha; agus far am bheil ainm an Tighearn air a luaidh le urram, chan urrainn mórán dubhaile a bhi air a ghinntinn. Tha fiamh a' ghàire air an gnùis gach uair a thachras caraid orra, agus, ma ghabhas iad fearg ri fear foill' no fochaid, chan eil an sin ach fàillinn a tha buailteach do gach fear is bean a thàinig a nuas o Adhamh.

Chan eil caraig air nach caochail sruth, agus is iomadh caochladh a thàinig air crannchur ar pobuill o cheann a dhà no trì de fhicheadan bliadhna. Tha an àireamh air dol an lughad agus tha an cànan, uidh air n-uidh, a' dol am mach à fasan. Tha iad gun aodhair no fear-iuil a stiuras iad gu seilbh is sonas, agus, mur tig ni iongantach an rathad, bidh an gineil air ruith am mach an tir an atraichean mu'n téid trì cheud bliadhna seachad.

Ciod a dh'èireas do'n Ghàidhealtachd ma chrionas a seann nàisein gu buileach? Cha bhi i air a fàgail falamh, oir thig fine coimheach air chor-éigin a tharruing an lòin às a monaidhean, às a srathan agus às a cladaichean ioma-lochach. Am bi iad na's fearr beusan na iadsan a bha rompa? Tha sin duilich a ràdh, ach, ma bhios, ni e an gnothach dhaibh. Tha Gàidheil an latha diugh maiseach an giulan, cuimseach, cuimir

am biuthas, agus coibhneil, seirceil an cainnt 'san càil a thaobh càch a chéile. Cha robh sluagh riamh 'sna rioghachdan so a bheireadh bàrr orra am bàigh 'san carantas, an deagh choimhearsnachd no an glaineadh inntinne. Bha agus thà iad deas gu pàirt a ghabhail an obair mhath, ann an làmh-chuideachaidh a thoirt do neach an éigin no gu réite dheanamh ri caraid air am faod iad cur am mach.

Co chumnaic riamh Gàidheal aig nach biodh a làmh 'na sporan nam biodh banntarach air a fàgail falamh no seann duine air dheireadh le obair foghair no carraich. Mur biodh airgead aige, gheibheadh e seol air chor-éigin eile air cobhair a dheanamh air luchd-ainnis, cho fad 'sa bha sin 'na chomas gun choire dheanamh dha féin. Tha muthadh 'sa char so air tighinn tharainn anns a' Ghàidhealtachd. Chan eil na feumaich cho pailt 'sa b' àbhuist dhaibh a bhi, oir tha pensionan lionmhor agus mórán innleachdan eile air an cleachdadh air son gainne a chumail o dhorsan a' phobuill. Ach eadhoin fhathasd tha iomadh cothrom air furtachd a dheanamh air coimhearsnachd, agus is ainneamh a tha gin dhiubh air an leigeadh seachad.

Tha buaires cor uair am measg ar muinntir, ach, mar is trice, chan ann aca féin a tha choire. Dh'èirich iad le Prionns Tearlach is gun fhios aca gu ro mhath c'ar son. Chaill iad air an iorgh-uill sin gu dona, agus tha iad a' call oirre air an latha diugh. A rithisd, rinn iad strìth aig caochladh àmanan mu eaglaisean, agus, a rithisd, cha do bhuidhinn iad mórán air a thàilleamh aon chiud an gnàths no'n earras. O cheann ùine nach eil cho fada, dh'èirich ar-am-mach eadar uachdarain is "ìochdarain" a thaobh phrìomh-cheistean a bhuineadh do'n fhearann. Umpa so faodar a ràdh mar thuirt am bàrd gu'm bheil na daoine air dol an tainead an déidh gach faoin-chleasachd do'n tug iad aire.

Ré gach ùpraid dhiubh so dh'fhan cliu nan Gàidheal gun domail. Cha b'ann air an son féin a thug iad claidheamh á truaill ach às leth "phrionspalan" a bh'air air an cur mu'n coimneamh le muinntir nach buineadh do'n seorsa féin idir. Bu bheag thachd nan Gàidheal do aimbreit, ach chaidh an tarruing gu minic a staigh innte ionnas gun fhios dhaibh. Tha iad air fàs na's glìce a nis, oir tha sgoil is ionnsachadh pailt nam measg.



An Iobairt thaitneach

“Is iad iobairtean Dhe spiorad briste; air cridhe briste agus brùite, a Dhe, cha dean thusa tàir.”—SALM li. 17

“CÒ de na sailm is fheàrr leibh?” arsa ‘Caraid ri Luther. Fhreagair Luther, “Is e na sailm is fheàrr leam-sa, sailm Phoil.” “Sailm Phoil,” ars’ a charaid, “co ris a their sibh sailm Phoil?” “Their mi sailm Phoil,” arsa Luther, “ris na sailm sin anns am faigh mi fìor spiorad an aithreachais.” 32, 51, 130, 143.

* * * * *

Anns an t-salm so gheibhear sin gun teagamh, fìor spiorad an aithreachais: o thoiseach gu deireadh tha i, mar gu’m biodh glaoth as an dòimhneachd. Ma bha duine riamh anns an dòimhneachd agus an cumart bàis bha an duine a sgrìobh an t-salm so. A rèir beul-aithris nan aithrichean bha i air a sgrìobhadh le Daibhidh an déidh dha tuiteam le Bathsheba agus an déidh dha am peacadh sin an-tromachadh le Uriah a chur as an rathad. Bha peacaidhean Dhaibhidh cho uamhasach ‘s gu’m bu mhaith leis a h-uile duine aig a bheil gaol air Facal an Tighearn, agus air eaglais an Tighearn, agus air sluagh an Tighearn, foluch a chur orra. Ach is e a shaor Daibhidh o sgrìos nach do pheacaich e riamh gun nàire agus aithreachas a bhi air a dhùsgadh ‘n a chridhe an déidh làimhe. Cha b’ urrainn e a dheanamh mar ni iomadh neach eile an déidh dha peacadhadh: cha b’ urrainn dha a làmhan a nigheadh agus a ràdh, “Tha sud thairis; tha mo làmhan a nis glan, is chàn éirich am peacadh ud am aghaidh gu bràth tuilleadh.”

Cha b’ urrainn Daibhidh sin a ràdh: a dh’aindeoin a pheacaidhean bha coguis bheò aige, agus a h-uile uair a pheacaich e dh’aidich e a chionta gu saor is chrom e a cheann le nàire an làthair an Ti naoimh, ag ràdh, “A’d aghaidh, a’d aghaidh-sa, a Dhe, pheacaich mi agus rinn mi ole a’d shealladh. . . . Dean tròcair orm a réir do choibhneis-gràidh; a réir lionnhoireachd do chaoimh thròcairean, dubh as m’ easaontas. . . . cruthaich annam cridhe glan, a Dhe, agus ath-nuadhaich spiorad ceart an taobh a stigh dhìom.”

Tha e soilleir gu bheil a h-uile facal anns an t-salm aithreachail so a’ tighinn o ghrunnnd a chridhe. B’ aithne dha goin agus nàire a’ pheacaidh, chan ann o bhì a’ cluinntinn uime no a’ leughadh uime ann am beatha dhaoine eile, ach o fhiosrachadh a choguis féin. “Tha mi pheacadh,” ars’ esan an làthair a ghnàth.

Sin an t-aobhar gu’n d’ fhuair an t-salm so greim cho làidir air cridheachan dhaoine diadhaidh; tha i a’ cur cainnt air smuaintean agus faireachduinean as aithne dhaibh uile, agus a’ cur cainnt orra chan ann air sgàth an fhasain no air ghaol rud crabhach a ràdh, ach air ghaol faotainn ann an dàimh cheart ri Dia. Is ionmhuinn le Dia an fhìrinn ‘s an taobh a stigh, agus chan fhaigh neach gu bràth ann an dàimh cheart ri Dia gus an aidich e a chionta gu saor. Tha neach air bith a cheileas no a dh’ fholuicheas a chionta a’ togail balla eadar e féin agus Dia.

1. *Cha do dhiult Dia riamh maitheanas a thoirt do’n aithreachan.* Chan ‘eil ùrnuigh as cinntiche a ghéibh éisdeachd an nèamh na ùrnuigh a’ pheacaich a ghlaodhas ‘n a éigin, “Dean tròcair orm-sa a Dhé.” Ach feumaidh i tighinn o’n chridhe. Tha sinn cho eòlach air na briathran is tha iad daonnan cho dlùth aig ar làimh ‘s gu bheil sinn ullamh gu bhì ‘g an gabhail air ar bilean gu h-aotrum, gun nàire no bròn diadhaidh idir ‘n ar cridheachan. Ach cha téid ùrnuigh de ‘n t-seòrsa sin na ‘s àirde na nullach do chinn. Cha leighis gràs Dhe cridhe air bith ach an cridhe a tha briste, brùite. Mur bheil ar cionta ‘n a uallach air ar coguis, no mur bheil ar peacaidhean ‘n ar làthair gun sgar, a’ cur anshocair ‘n ar cridhe, chan ‘eil ann ach amaeanas dhuinn a bhì an dùil gu’n toir Dia maitheanas dhuinn. Cha tabhair, a chionn nach ‘eil sinn deas air a shon. Ciod an tairbhe a bhiodh ann dhuinn maitheanas fhaotainn o Dhia air son pheacanna nach ‘eil ‘n an uallach no ‘n an cùis-bhròin dhuinn? Chan ‘eil maitheanas aig Dia ach do na ciontaich a dh’ fhairich an cionta; cha gabh e ri iobairt eile ach a mhàin an cridhe briste agus brùite.

II. *Cha bhì cridhe ‘a pheacaich an a bhriseadh agus an dearbhar a pheacadh air leis an Spiorad Naomh.* Ann am fear d’a leabhraichean tha Iain Bunyan ag innseadh dhuinn gu robh e aig aon àm a’ saòilsinn nach robh duine eile ann an Sasunn a b’ fheàrr na e féin, ach an uair a bha a choguis air a dèsgadh agus a chridhe air a shoilleireachadh leis an Spiorad Naomh dh’ atharraich e am beachd a bha aige air féin, is thubhairt e gur ann aige-san a bha an cridhe a bu mhiosa air an t-saoghal; gu robh eadhon cridhe Iudais na bu ghile agus na bu

ghloine na a chridhe-san, a bha cho làn de thruaillidheachd agus de mhi-naomhachd 's gu'm biodh Dia ceart agus cothromach ged bheireadh e breitheanas air.

An uair a leughas duine neo-sporadail lithrichean Phoil no sailm Dhaibhidh, no sgrìobhaidhean nan naomh, agus a chi e cìod a tha iad ag ràdh umpa féin, theagamh gu'n saoil e nach robh iad idir cho naomh 's a bha e an dùil, air neo gu bheil iad 'g an deanamh féin na 's miosa na bha iad an da rìreadh, oir tha iad a' labhairt umpa féin mar gu'm b' iad peacaich a bu mhiosa air thalamb. Cha toigh le muinntir an t-saoghail a leithid sin de chainnt a chionn gu bheil amharus aca nach 'eil innte ach cainnt fhéin, agus nach 'eil na naoimh a' creidsinn gu bheil iad cho dona 's a their iad. Ach cò am peacach eile as aithne dhuit a tha na's miosa na thu féin? Oir chan aithne dhuit peacach eile ach thu féin. Chan 'eil ann am peacadh dhaoinne eile dhuit ach facal no fuaim, sgeul a dh' innsear, rud a chuala thu leis a' chluais ach nach do bhean ri do chridhe, agus nach urrainn do chridhe a bhriseadh le nàire agus le goin an aithreachais mar a bhriseas do pheacanna féin e.

Cha b' ann gun am briathran a thomhas a labhair Daibhidh agus Pol: ghabh iad coinneal na Fìrinn 'n an làimh, is chaidh iad sìos do sheòmraichean diomhair agus dorcha an cridhe, is dh' innis iad dhuinne cìod a chumnaic iad an sin. Agus ma ghabhas tusa, a leughadair, a cheart choinneal chi thu le a solus sealladh a chuireas 'n ad thosd thu, air chor agus nach bi ùrnuigh eile air do bhèilean ach ùrnuigh Dhaibhidh agus Phoil, "Dean tròcair orm, a Dhia nan gràs," agus nach bi dòchas eile agad ach gealladh Dhe a tha ag innseadh dhuit nach dean Dia tàir air cridhe briste agus brùite.

III. *Tha Dia a' gabhail tlachd ann a bhi saoradh pheacach aithreachail.* Tha an fhìrinn

sin air a sgrìobhadh air a h-uile duilleig de'n Bhiobull. Tha ar peacanna-ne lionmhor agus gun lethsgèul ach tha tròcair an Tighearn cho àrd ris na nèamhan; tha i o shiorruidheachd gu sìorruidheachd orra-san d' an eagal e.

*Dh' ionnsuidh 'n tèarmunn so ma thèid mi,
'N diùlt e m' iarrtus geur?*

*"O cha diùlt trath mhaireas talamh,
Cuan, is speur."*

Ma's urrainnear a ràdh mu dhuine air bith gur e esan peacach as miosa agus as ciontaiche anns an t-saoghal uile gu léir bheir Dia maith-eanas do'n duine sin ma ni e aithreachas. "Thigibh a nis, agus tagramaid ri chèile, deir an Tighearn; ged robh 'ur peacaidhean mar an sgàrlaid, bithidh iad geal mar an sneachd; ged robh iad dearg mar chorcur bithidh iad mar olainn."

Aig an àm so de'n bhliadhna, an uair a tha na làithean goirid geambraidh a' cur 'n ar cuimhne gu bheil an ùine a' dol seachad, tha e iomchuidh gu'n stadadh daoine air an ceum agus gu'm feòraicheadh iad dhiubh féin cìod an dòchas a bhiodh aca na'm b'e toil Dhe nach fhaiceadh iad maduinn na Bliadhna Uire. Tha iomadh guth a' labhairt ruinn an diugh, a bheireadh oirnn a chreidsinn gur h-ionnann do'n fhìrean agus do'n aingidh aig uair am bàis, ach cuimhnich thusa, a leughadair, nach e sin a tha Facal an Tighearn ag ràdh. Tha Facal an Tighern a' teagasg gu bheil gach uile pheacadh toillteanach air corruich agus mallachd Dhe agus toillteanach air sgrìos sìorruidh o làthaireachd an Tighearn. Ach chan e sin am facal mu dheireadh a bu mhaith leam a bhi air a sgrìobhadh air an duilleig so ach am facal so. "*Cò an Dia ann a tha cosmhuil riut-sa, a mhaithreas aingidheachd agus a ghabhas seachad air easaontas iarmaid oighreachd? oir ar Dia-ne cha ghlèidh e a chorruich gu sìorruidh a chionn gur toigh leis tròcair.*"

Annas a' Choille Bheithe

THA sia no seachd de sheachduinean bho nach do chuir mi cas anns a' Choille Bheithe gus an diugh. Bha aobhar no dhà air sin: a dh' aon ni bha mi trang agus m' aire air nithean nach robh 'n a còir, agus a thuilleadh air cion ùine bha an t-sìd cho fliuch 's nach robh tarraing air bith eile orm. An raoir bha mi a' bruidhinn ri seann duine a thubhairt rium nach robh cuimhne aige foghar cho fliuch ris an fhoghar so fhaicinn an Adholl riamh. Gu fortanach bha am foghar tràth, is cheap daoine am beagan tiormachd a bha ann gus am bàr fhaotainn a stigh, ach an fheadhainn nach do chuir spèirid is sunnd 'n an obair air an là mhaith, tha am

bàrr aca a nis a' dubhadh agus a' malcadh air na h-achaidhean.

Ged nach 'eil turadh cruaidh ann an diugh fhathast cha mhò a tha nìsge ann, is thàinig mi do'n Choille Bheithe a dh' fheuchainn an dùisgeadh i 'n am inntinn (mar is tric a rinn i) smuaintean a bhiodh freagarrach dhomh a thoirt do'n choimhthional aig an t-seirbhis-bhuidheachais a bhios againn air son an fhoghair air an ath Shàbaid. Air uairean bithidh an tobar a' fàs tioram, agus feumar feitheamh gus an tig trùdhag ùr ann. Sin a thug mise do'n Choille Bheithe an diugh.

Ged nach 'eil seirbhis-bhuidheachais air son

an fhoghair air a cumail anns a h-uile coimhthional an Eaglais na h-Alba, bha còir aice a bhi ann, oir tha Fhacal féin ag ràdh gur maith an ni buidheachas a thabhairt do Dhia. A thuilleadh air sin, tha e furasda do shearmonaichean air a leithid sud de là an fhìrinn a dheargadh air inntinnean an t-sluaigh gu bheil iad an eisiomail an Tighearn air son am bidh an diugh fhathast cho buileach 's a bha ar n-aithrichean ann an òg-mhadriann an t-saoghail.

Anns a' ghineal so chan 'eil bliadhna a' dol seachad gun innleachd ùr a bhi air fhaotainn a mach a tha nochdadh cumhachd mhic an duine agus na comasan inntinn a tha aige. Tha sin a' séideadh suas le uabhar inntinnean aotrum is eu-domha'n, air chor agus gu bheil iad a' saoilinn gu'n dean mac an duine feum as eugmhais a' Chrùitheir. An uair a bheir an *chemist* dhaibh stuth ann am botul a chumas o'n bhàs caoraich air a bheil galair-a-ghrùthain, agus stuth eile a bheir air a' choirce fàs gun aon ghas de choirce-madaidh ann, no dh' inmseas e dhaibh gu'n téid aige air siucar a thoirt á teàrr-dhubh is maraga-geala a dheanamh le min-saibh, saoilidh iad nach 'eil feum aig a' chinneadh-daonna air Dia tuilleadh.

Tha e ceart, ma ta, gu'n gabhamaid gach cothrom air na smuaintean faoin agus ain-diadhaidh sin a chur a mach as ar cridheachan féin agus á cridheachan dhaoine eile, oir is e am peacadh as puinnseanta a tha am measg dhaoine an diugh, nach 'eil iad a' toirt àite do Dhia 'n a shaoghal féin. Tha iad ag àrdachadh an duine an aghaidh a' Chrùitheir.

Ach bha Dia anns an t-saoghal m' an tàinig sinne ann agus bithidh e ann an déidh dhuinn fhàgail. "C' àite an robh thusa," ars' an t-Uile-chumhachdach ri Iob, "an uair a leag mise bunaiten na talmhainn . . . an toir thu mo bhreitheanas-sa gu neo-ni, no a bheil gairdean agad cosmhuil ri Dia?" "Is mór an Tighearn, agus is mór a chumhachd; tha a thuigse gun tomhas." Leis na h-innleachdan a tha mac an duine a' faotainn a mach chan 'eil e a' cruthachadh dad; chan 'eil e ach a' faotainn a mach nan laghannan leis a bheil Dia ag oibreachadh anns a' chruthachadh. Tha e an eisiomail Dhe eadhon air son an eanchainn as a bheil e a' deanamh uail.

Tha naidheachd ann an leabhar Greigis mu dhuine usaideach a bha air a phianadh le ro-chùram an déidh dha an siol a chur anns an Earrach. Chaidh e gu fiosaiche a dh' fhiosrachadh bhuaith ciod an seòrsa foghair a bhiodh ann. Sheall am fiosaiche an toiseach ann an ceithir àrdean an adhair, an sin anns na gloineachan-eòlais a bha aige, agus labhair e mar so, "Mur tig flùraichean as an talamh a dh' fhàsas 'n am fiodh, agus mur mill an reothadh am fochann, agus mur bris clach-mheallain an

dias, agus mur ith laogha an t-arbhar, agus mur tig fàillinn air gin de na feartan diomhair a tha anns an adhar agus anns an talamh, faodaidh dùil a bhi agad ri foghar maith. *Ach biodh eagal ort gu'n tig na locuist.*"

Tuigidh tu fhéin, a leughadair, gun mise a leudachadh air, ciod a bha am fiosaiche a' ciallachadh. Bha toradh na talmhainn an crochadh ri fichead rud ris nach b'urrainn an tuathanach gnòthuch a ghabhail, a chionn gu robh iad os eionn a chomais agus ann an làmhnan eile, agus eadhon ged bhithheadh gach ni eile a réir a mhiann, *bha na locuist 'n an cùis-eagail*. Mar sin bhiodh e glic dha a shìol a chur agus an còrr earbsadh ri Dia, gun bhi an ireabais le ro-chùram.

Ged nach 'eil na locuist 'n an cùis-eagail do na tuathanaich anns an dùthaich so tha fichead cuileag no biastag eile an geall air an cuid a mhilleadh, agus air aon Sàbaid co dhiu anns a' bhliadhna bhiodh e freagarrach dhaibh buidheachas a thoirt do Dhia air son saothair agus faidhidinn nan daoine a fhuair a mach dòighean anns an gabh casg a chur air obair mhillteach nam biastagan sin. Theagamh nach 'eil e furasda do mhinistearan biastagan ainmeachadh ann an ùrnuigh, agus gu'm feumadh iad am briathran a thaghadh le cùram, ach gabhaidh an rud deanamh agus deanamh le sòluimteachd agus le snas. Na 'n chluinninn féin ùrnuigh de'n t-seòrsa so ann an aoradh coimhthionail aig am freagarrach agus ann an dòigh bhòidheach chomh-fhreagrachd mo chridhe rithe na bu luaithe na chomh-fhrecagras e ri cuid de na cuspairean-buidheachais a bhios againn a h-uile Sàbaid. Ciod a their thu ri coimhthional ann an Albainn a bheil buidheachas do Dhia air son thiodhlacan a thug e do na h-Iudhaich tre Iosua no tre Shamuel o chionn nam mìltean bliadhna ach nach ainmich air am bilean na thiodhlacan a fhuair iad féin agus an teaghlaicean bhuaith tre Sir Seumas Young Simpson, no tre Eleanor Ormerod. Tha fhios aig an t-saoghal uile cò Sir Seumas Young Simpson, a fhuair a mach a' bhuaidh a tha aig *chloroform* air daoine, ach theagamh nach aithne do mhóran d' ar luchd-leughaidh co i Eleanor Ormerod.

Sin boirionnach aig an robh barrachd eòlais air béisteagan agus air cuileagan agus air cnuimheagan na bha aig Solamh, agus a rinn barrachd feum do thuathanaich Bhreatainn leis an eòlas sin na rinn a' Phàrlamaid no Bòrd an fhearainn. Bho thoiseach an t-saoghail tha còmhrag dhian a' dol air aghaidh eadar mac an duine agus meanbh-chreutairean na talmhainn; cuileagan is mosquitoes, burraich is toranaich, fridean is fiolain-fhionn. Tha ceithir cheud mìle seòrsa de na creutairean beaga sin air an talamh, is tha iad a' sìolachadh agus a' fàs cho luath 's gu'n cuireadh iad an saoghal fodhpa fhéin ann an ùine ghoirid mur b'e gu bheil mac

an duine 'g an tanachadh agus 'g an cumail sìos. Chan 'eil dol as anns a' chath sin; feumar a chumail suas gun sgar, agus is e a sheòltach agus eòlas féin an armachd a tha aig mac an duine a chothachadh an aghaidh lìomhoireachd nam meanbh-chreutairean. Tha iadsan ag iarraidh am beathachaidh as an talamh cho mhaith-ris-san, agus a chionn nach 'eil rùm air an talamh dhaibh le chéile tha an t-aon as làidire a' cur as do'n aon as laige. Sin lagh no riaghailt na Coille "a' bhias tag as motha ag itheadh na biastaig as lugha"; lagh is riaghailt a tha mac an duine a' leantuinn cho cinnteach ris na creutairean, ged bhios e a' cur sgéimh bòidheach air a làmhachas-làidir féin agus ag ràdh gu'n tug Dia ùghdarras agus uachdaranachd dha os an cionn.

Ann am mìle dòigh agus anns gach ceàrn de'n t-saoghal tha an cogadh so a' dol air aghaidh eadar clann-daoine agus clann-chuileag, na creutairean beaga lìomhor sin ag itheadh no a' milleadh a' bharr a dh' fhàsas as an talamh, a' marbhadh nam beathaichean a tha feumail do mhac an duine, agus gu tric 'ga mharbhadh féin cuideachd le galair a ghiùlain iad thuige. Ann an aon seachduin nì cuileag-na-tùirneip dail thùirneip cho lom ris an ùrlar: ann an seachduin ithidh no gearraidh an toranach a h-uile gas fochainn a bha fàs air dail choirce, agus nì am burrach a cheart dolaidh air dail chàil. Ged is làidir an sluagh muinntir na Frainge agus muinntir America, agus ged is bòsdail iad le chéile, thug aon seòrsa cuileig dùlain dhaibh fad cheudan bliadhna, is chuir i stad fad bhlahdnachan air canaal Panama, agus an d' fhuaradh dòigh air cur as Phanath. A h-uile bliadhna tha tuathanaich na dùtchea so a' call suas ri ceithir muillean punnd Sasunnach leis an dolaidh a tha aon seòrsa cuileig a' deanamh orra, a' chuileag a bhios a' cur fheursagan an craicionn a' chruidh. An uair a tha seiche air a tolladh le feursagan chan 'eil an leathar cho maith 's a bhitheadh e 'n an robh i slàn. An uair a thàinig an galair air a' chnuimh-shioda anns an Fhraing theab miltean de tuathanaich bheaga anns an Fhraing am beò-shlaint a chall, ach fhuair Louis Pasteur dòigh air stad a chur air a' ghalair. Ann an eòlas tha cumhachd.

Annas na seann làithean cha b' fhiach le sgoilearan an aire a shocruchadh air beistean; bha iad an dùil gu robh e na b' uaisle agus na b' fheumaile dhaibh Laidionn agus Greigis ionnsachadh seach a bhi a' spleuchdadh air cuileagan agus air burraich a dh' fhaotainn a mach m' am beatha agus m' an obair. Ach air ghaol iad féin a dhìon anns a' chogadh a tha dol air aghaidh eadar iad féin agus meanbh-chreutairean na talmhainn b' fheadar do dhaoine tòiseachadh air rannsachadh mu bheatha agus mu dhòighean nan naimhdean a bha deanamh

cron orra. Sin an t-aobhar gu bheil Professor bhéisteagan ann an Collaistean an diugh, is tha saoghal an eòlais ùir so air fas cho farsuing a nis 's nach gabh na h-àrd sgoilearan sin orra féin a ràdh gur aithne dhaibh ach oisean beag de'n t-saoghal sin. Am fear dhiubh a tha cur seachad a bheatha, ag ionnsachadh mu'n chuileig-ruaidh, cha ghabhadh e air féin air son rud air bith labhairt le ùghdarras mu'n chuileig-ghuirm. Dh' iarradh e ort dol gu Professor eile a dh' fhaotainn fiosrachaidh uimpe-se. Theagamh gu bheil an là a' tighinn anns am bi Professor dhaibh féin aig gach cuileig no ceàrdubhan air an talamh. Air a bho'n-uiridh thug Oil-thigh Dhun-éideann L.L.D. do àrd-sgoilear ann an Cambridge mar dhuais air son an eòlais a tha aige air na tha dol air aghaidh fad ceithir-uaire-fichead ann an cuairt bheag de'n mhionach aig seòrsa sònruichte cnuimheig. Tha beatha mhic an duine ro ghoirid, gu'n gabhadh duine air fhein an caolan uile a rannsachadh; bu leòr leis an sgoilear ainmeil ud aon chuairt bheag dheth a ghabhail os làimh.

Ach ged nach 'eil ach beagan is ceud bliadhna bho rugadh a' bhean uasal, Eleanor Ormerod (1828-1901), charobh mòran eòlais mu mheanbh-bheatha na talmhainn ri fhaotainn ann an leabhraichean no ann an àite air bith eile an uair a bha i 'na caileig. B' fheadar dhi tòiseachadh aig an aibideil, ach lean i oirre ceum air cheum gu mu dheireadh nach robh duine eile anns an riochachd aig an robh ùiread eòlais rithe. Cha do chum i an t-eòlas sin aice féin, thug i seachad e gu saor do dhaoine eile los gu'm biodh e chum feum dhaibh anns gach oidhirp a bha iad a' deanamh air cuileagan cronail a chumail sìos.

Gus an d' innis am boiriomach so dhaibh e cha robh fhios aig tuathanach as a mhìle gur ann as na h-uibhean a tha cuileagan is daolagan is leomainn a' fàgail air an talamh no ann an àitean eile a tha na toranaich agus na burraich agus na cnuimhean eile a bhios a' milleadh fochainn is luibhean is chraobhan a' tighinn. Tha an riochachd uile, ach gu sònraichte na tuathanaich, 'n a comain gu mór, oir dh' theagaisg i dhaibh ciamar a chuireadh iad stad air iomadh plàigh mhillteach a bhios a' bagairt air bàrr agus air beathaichean.

Thug Oil-thigh Dhun-éideann L.L.D. dhi mar chombarradh follaiseach air a' mhaith a rinn i do'n dùthaich so agus do'n t-saoghal uile le h-eòlas. Ach tha mòran dhaoine a' faotainn maith a saothrach nach cuala riamh iomradh air a h-ainm. Chan ainmich mise i anns an eaglais air an t-Sàbaid, ach air a shon sin bheir sinn buidheachas do Dhia, mar is dligheach dhuinn a dheanamh, air son nan uile dhaoine a shaothraich ann an riochachd an Eolais chum gu'm biodh beannachdan aimsireil agus spioradail air an sealbhachadh leis na linntean a thigeadh 'n an déidh.

Anns a' Chathair

BHO chionn beagan bhliadhnachan ann an té de sgoilean Shasuinn anns a bheil clann dhaoin-uisle air an ionnsachadh (no clann dhaoin-airgidach, ma's e sin facal as fheàrr leat, a leughadair) bha am paipear-ceasnachaidh so air a chur air beulaibh nam balach uile, sean agus òg mar bha iad ann, agus uair a dh'ùine air a thoirt dhaibh a fhreagairt nan ceistean. Bha na balaich a b' òige mu trì bliadhna deug agus na balaich a bu shìne mu ochd deug.

B'e so na ceistean :—

I. Ciod a tha air a chiallachadh leis na facail so,

- (a) Tha mi a' creidsinn ann an Dia an t-Athair :
- (b) Tha mi a' creidsinn ann an Iosa Crìosd :
- (c) Tha mi a' creidsinn anns a' bheatha shìorruidh :

II. Sgrìobh beagan shreathan a dh'innseadh ciamar a tha thu a' tuigsinn nam facal so : Urnuigh. Aoradh. Sacramaidean, Peacadh. Saorsa, an Solus dìomhair ; agus innis ciod a bha aig Crìosd anns an t-sealladh an uair a labhair e cosmhalachd a' mhic struidheil. Innis cuideachd ciamar a tha Crìosd a' toirt dhaoine gu Dia.

III. Ciod a tha thu a' tuigsinn le " diadhachd " Chrìosd agus le " daomnachd " Chrìosd ?

IV. Ciod an seòrsa leabhair a tha anns a' Bhiobull ? Ciod na nithean maireannach a tha ann ? Ainmich sé leabhraichean-eachdraidh anns an t-Seann Tiomnadh, agus sé leabhraichean a bha air an sgrìobhadh le fàidhean. Ainmich na daoine a sgrìobh na ceithir soisgeulan, agus sé de na h-eaglaisean a sgrìobh Pol litrichean thuca.

V. Ciod is ciall do'n rud ris an abrar Cràbhadh no Creideamh, no Diadhaidheachd ? Thoir cumntas air an dòigh anns a bheil thu a' saoilinn a bu chòir do dhuine diadhaidh tighinn beò anns an àite d' am buin thu fèin, abair fad na seachduin so.

Sin am paipear-ceasnachaidh a bha air a chur mu choinneamh nam balach leis an àrd-mhaighstir-sgoil, gun uiread agus rabhadh a thoirt dhaibh. Ach ged tha am paipear duilich (agus ro fhada air son na h-ùine) theagamh gu robh fhios aig an fhear a chuir na ceistean air sin na's fheàrr na tha againne, agus gu robh aobhar maith aige deanamh mar rinn e. Ged tha e air a ràdh anns an Fhìrinn gu'm bi cùram aig an duine ionraic do bheatha ainmhidh, chan 'eil e air a ràdh gu'm bi cùram aig maighstirean-sgoile do phiantan-aineolais an sgoilearan.

Rud eile a dh' fhaodas mi a ràdh, bha na balaich ud na b' fhaide air an aghaidh agus na b' abuiche 'n an imtinn na clann ann an sgoilean eile, oir bha iad air togail ann an dachaidhean far an clumeadh iad seanchas a dhùisgeadh agus a dh' fhosgladh an imtinn. Tha an seanchas a bhios clann a' cluinntinn aig an tigh 'g an oileanachadh na's luaithe agus na's cinntiche na na leasain a dh' ionnsaicheas iad anns an sgoil, agus mar sin tha clann dhaoin-bochda agus clann luchd-oibre a' fulang ana-cothrom daonnan a chionn nach 'eil iad a' cluinntinn cainnt shnasmhor no beachdan farsuing aig an tigh. A thuilleadh air sin, tha am Biobull air a theagasg ann an sgoilean dhaoin-uisle an Sasann na's fheàrr na tha e air a theagasg ann an sgoilean eile am Breatann. Mur bitheadh, dh' fhàsadh na h-uislean 'n an cinnich an taobh a stigh de trì ginealan oir chan 'eil am Biobull air a leughadh 'n an teaghlachan.

* * * * *

Fhreagair na balaich na ceistean mar a b' fheàrr a b' urrainn dhaibh ; ged bha cuid de na freagairtean tuathal agus anabuich cha robh sin iongantach, ach bha aineolas anns na freagairtean cho mhaith ri anabuidheachd. Bha Solamh, Timoteus, Iesse, Samson, Iudah, Saim, air an àireamh am measg leabhraichean-eachdraidh an t-Seann Tiomnaidh, agus Nataniel, Iob, Iobe, Ioebe, Ishmael, Ahab, Iudas, Elish, Saim, Amalaki, air an cumntas am measg nam fàidhean.

Bha fhios aig a' chuid mhór dhiubh air ainmean nan daoine a sgrìobh na ceithir soisgeulan, ach thubhairt aon bhalach gur e Pol a sgrìobh iad uile. Am measg nan eaglaisean gus an do sgrìobh Pol litrichean bha iad so air an ainmeachadh a thuilleadh air an fheadhainn a tha air an ainmeachadh anns an Tiomnadh Nuadh, na Phàirisich, na h-Iudhaich, na Greugaich, na Mohammedanaich, na Sadusaich, na Herodaich, na Cananaich, na Macedonianaich, muinntir Dhamascuis, na Galipianaich, na Cilesianaich, na h-Asirianaich, na h-Israelaich, na Philistich, na Golosianaich.

Anns na ceistean nach gabhadh freagairt ach le an tùr nàdurra fèin bha na beachdan so air an cur sìos le cuid dhiubh.

" Is còir do dhuine diadhaidh smuaintean glan a bhi aige, agus gun bhi a' miomnachadh. Chan 'eil e ceart dha a bhi cruaidh no spioeach ach tha e ceart airgid a thoirt seachad do thruaghain."

" Bha Iosa an cruth duine ach bha e naomh an taobh a stigh."

" Rinn Iosa Crìosd obair làitheil, ach an uair a bhiodh e air a theumadh gu stad d'a obair ro

thràth, no droch obair fholach le *potti* bha inn-tinn cho làidir 's gu'm faigheadh e buaidh thairis air na teumanna sin."

"Is e an Solus diomhair an solus a tha cumail dhaoine beò agus inntinneach; gun an solus diomhair bhiodh tu marbhanta gun sunnd."

"Is e co-chruinneachadh de naidheachdan goirid a tha anns a' Bhiobull, air an sgrìobhadh le daoine ainmeil."

"S e duine diadhaidh a bha ann am Mghr Cook. Di-dòmhaich bhiodh e a' dol do'n eaglais air dà cheann an là. Air làithean na seachdain bhiodh e a' sealltuinn air flùraichean agus ag ionnsachadh mu luibhean na machrach. Bhiodh e a' toirt leis a mhic do'n choille agus sheasadh e a shealltuinn air craoibh no preas air bith nach b' aithne dha. . . . Tri uairean a h-uile mìos bhiodh e dol suas do'n bhaile-mhór a dh' fhaicinn ciamar a bha am bùth aige a dol air aghaidh."

Anns na paipearan aig na balaich a bu shine bha iomadh comharradh gu robh tuigse aca a thaobh nithean spioradail, agus gu robh iad a' leantuinn solus an tuigse féin an àite a bhi leantuinn beul-aithris nan seanairean.

Bha so air a sgrìobhadh le balaich a bha mu chòig bliadhna deug.

"Tha na faicail, 'Tha mi a' creidsinn ann an Dia an t-Athair' a' ciallachadh gur e Dia athair nan uile dhaoine air an talamh, agus gu'm faod sinn bruidhinn ris gu saor mar a dh' fhaodas sinn bruidhinn ri ar n-Athair talmhaidh, làn chinnteach gu bheil e 'g ar cluinntinn."

"Is e an Solus diomhair Spiorad Dhe ann an cridhe duine. Ma tha an Spiorad sin a' dealradh gu soilleir cha ghabh e fholuch, agus is e rud as fhèarr as urrainn duine fhaotainn."

"Tha Peacadh a' ciallachadh a h-uile rud a tha ceàrr do dhuine a dheanamh, agus tha Saorsa a' ciallachadh duine a bhi air a liubhairt o'n pheacadh."

"Is e seachas tosdach ri Dia a tha ann an ùrnuigh."

"Dh' innis Crìosd cosmhalachd a' mhic struidheil a theagasg dhaoine nach 'eil e glic dhaibh tòiseachadh air obair ann beatha gun fhios aca ciod a tha dhith orra."

Bha so air a sgrìobhadh le balaich a bha mu sheachd bliadhna deug, a' gleachd ri nithe móra.

"Chan 'eil mi a' creidsinn ann an Dia mar Athair ach mar Ghràdh agus mar Choibhneas. Chan e Rìgh mòr a tha ann an Dia ach *Smuain* a tha a' cuideachadh leam nithean suarach a sheaclnadh agus a bhi uasal 'n am chridhe agus 'n am ghiùlan. Chan 'eil mi a' creidsinn ann am beatha shiorruidh ach anns an t-seagh gu'm bi cuimhne aig daoine eile orm. Ma bhios tu

maith anns an t-saoghal so bithidh cuimhne aig daoine eile ort gu bràth."

"Tha mi a' creidsinn ann an Dia an t-Athair, Athair nan uile aig nach 'eil claon-bhàigh ri aon neach seach ri neach eile, a tha gabhail suim do gach duine anns an t-saoghal agus do na nithean a tha iad a' deanamh, Athair a tha air a ghoirteachadh 'n a chridhe an uair a chi e a chlann a' deanamh dad ceàrr, agus Athair a dh' fhaodas sinn ar n-uile earbsa a chur ann. Tha mi a' creidsinn anns a' bheatha shiorruidh; an uair a chrìochnaicheas sinn a' bheatha so, tha sinn a' tòiseachadh air beatha eile nach crìochnaich gu bràth; chan e dol fodha na gréine a tha anns a' bhàs ach éirigh na gréine."

"Tha Ùrnuigh a' ciallachadh co-chomunn a bhi aig duine ri Dia 'n a chridhe féin; tha Peacadh a' ciallachadh gu bheil duine a' leigeil leis na droch fhaireachduinean a tha 'n a chridhe buaidh fhaotainn thairis air an fheadhainn mhaith a tha ann. Chan fhàg an Solus diomhair cridhe duine gu bràth ach fasaidd e na's soilleire agus na's soilleire mar is gloine a chumas e a chridhe agus a bhios e umhail do Dhia."

"Tha 'daonnachd' Chrìosd a' ciallachadh gu robh e coltach ruinn féin 'na chorp; tha a 'dhiadhachd' a' ciallachadh gu robh e coltach ri Dia 'na nàdur agus 'na naomhachd."

Am measg nan nithean maireannach anns a' Bhiobull bha iad so air an ainmeachadh; maise an leabhair mar litreachas, beatha agus teagasg Chrìosd, àithntean Dhe, eachdraidh dhaoine naomha, agus an cumntas a gheibhear ann air an dòigh anns a bheil Dia a' labhairt ri daoine.

B'e a' cheist mu dheireadh an té a bu mhiosa a bha air a freagairt uile gu léir; bha e furasd fhaicinn nàch ann as an ceann fhéin a fhreagair na balaich i ach a *rèir an fhasain*. Chuir iad sìos an rud a bha iad an dùil a thoilicheadh na maighstirean aig an robh uachdaranachd thairis orra.

"Is còir do dhuine cràbhach no do dhuine diadhaidh a' chuid mhór d'a ùine a chur seachad a' smuaineachadh mu Dhia agus mu Chrìosd, éirigh tràth a h-uile maduinn a dhol do'n eaglais, ùrnuigh a dheanamh fad uair an uaireadair, agus an sin comanachadh a ghabhail. 'N a dèidh sin cuiridh e seachad an là a' leughadh leabhraichean naomha."

Ach bha aon no dhà de na balaich a bu shine nach tug iomradh idir air leabhraichean naomha. "Bu chòir do dhuine diadhaidh," arsa fear dhiubh sin, "cuid d'a ùine a chur seachad a' deanamh maith do dhaoine eile nach d' fhuair uiread cothrom ris fhéin, gu sònruichte am measg cloinne, oir bha gaol aig Crìosd air a' chloinn. Chan 'eil mi a' ciallachadh le aoradh

a bhi dol do'n eaglais a dh' éisdeachd shearmon no a mholadh Dhe le seinn is briathran beòil, ach a bhi deanamh seirbhis do Dhia ann an dòigh a tha e duilich dhomh a dheanamh, a' feuchainn ri Dia a thoileachadh 'n am smuaintean agus 'n am ghniomharan a h-uile là."

* * * * *

Ged tha a' bheatha dhiadhaidh air a beathachadh á tobraichean as dòimhne na èolas cinn, tha èolas cinn feumail, is tha e ceart gu rachadh aig daoine òga air cumntas tùrail a thoirt air na nithean a tha air a theagasg dhaibh mu'n Chreideamh Chrisduidh anns an sgoil, anns an

eaglais, agus 'n an dachaidhean. Na'n robh na ceistean iad air an cur air beulaibh nan coimhthionail ann an eaglais na h-Alba air Sàbaid air chor-eigin tha eaglaorm nach deanadh iad idir cho maith 's a rinn na balaich; cha mhór gu'n gabh e creidsinn an ceò agus an cogall a dh' fhaodas a bhi ann an imntinnean dhaoine a tha dol do'n eaglais dà uair 's an là o chionn dà fhichead bliadhna.

Chan 'eil leabhar air an t-saoghal as duiliche a theagasg do dhaoine òga na 'm Biobull, ach chan 'eil leabhar air an t-saoghal as fhiach a theagasg mar is fhiach ann Biobull. Ach feumar sin fhàgail gu uair eile.

Air a' Bheinn

LE MINISTEAR ÒG

BEAGAN làithean m'an deachaidh losa suas gu Hermon, tha na soisgeulaichean ag iniseadh dhuinn gu'n do labhair e ris na deisciobuil mu'n bhàs a bha e ri fhulang. Chumnaic e gu'n robh an t-àm a' tarraing dlùth. Bha an sluagh a' tuiteam air falbh, is bha naimhdeas nan sàgairtean agus nan uachdaran a' fàs na bu teotha. Bha dòchas aig na deisciobuil nach robh cùisean cho dorcha 's a bha esan an dùil, agus gu'n tigeadh an sluagh thuca féin ann am beagan ùine, agus gu'n gabhadh an dùthaich uile ris mar am Messiah. Ach bu léir do Iosa combarran na h-aimsir mar nach bu léir dhaibhsan, agus chum an cridheachan ullachadh air son an dealachaidh a bha gu tachairt, dh' innis e dhaibh gu réidh, soilleir, gu'm feumadh Mac an duine móran nithean fhulang agus a bhi air a cheusadh. Chuir a chainnt iongantais is uamhas orra, agus thubhairt Peadar, Gu ma fada sin bhuit-se, a Thighearna. Shaoileamaid nach robh briathran Pheadair fada as an rathad, ach chronaich Iosa e gu geur—Inich air mo chùil, a Shatain. Carson a rinn e sin? Tha mi an dùil gu'n do rinn, a chionn gu'n robh Peadar a' cur 'n a charaibh a' cheart bhuaireadh a thug cath cho searbh dha anns an fhàsach còrr is bliadhna roimhe so. Aig an àm sin, b'e an saoghal agus Prionnsa an t-saoghail a chuir dearbhadh air, ach a nis bha a' cheart dhearbhadh air a chur air le aon d'a chàirdean, agus chuir e bròn air Iosa gu'm biodh e cho fada maille riu agus nach b' aithne dhaibh e na b' fheàrr na gu'n tugadh iad dha a leithid sud de chomhairle.

Bha e soilleir dha féin nach b' urrainn e Calbari a sheachnadh, gun dol an aghaidh rùintean Dhe, agus gur h-ann a mhàin tre a bhàs is fhulangas a shaoradh e a bhràithrean.

Chaidh e suas gu Hermon chum anam agus

a chridhe fein a neartachadh. Thionndaidh e air falbh o dhaoine agus o chomhairle dhaoine, chum a thaic a leigeil ri Dia agus guidhe air Athair gu'n tugadh e dha a chomhfhurtachd agus a làthaireachd anns an dorchadas a bha air thoiseach air.

Ged thug e leis triùir de na deisciobuil, faodaidh e bhith nach ann airson a ghloir a nochdadh dhaibh a rinn e sin, ach air ghaol cuideigin a bhi còmhla ris an uair a bha anam fo bhròn. Ach thachair air a' bheinn mar thachair ann an gàradh Ghetsemane; cha b' urrainn dhaibh faire a dheanamh maille ris, agus an feadh 's a bha esan ag ùrnuigh, chaidil iadsan.

Air beinn Hermon, ann an ùrnuigh is ann an co-chomunn ri Athair, fhuair Iosa roimhbhlas de'n aoibhneas a chuireadh roimhe, agus chuidich sin leis dol air aghaidh le misneach agus an crann-ceusaidh fhulang.

M'an do ghairm Dia air a mhac dol sìos do'n ghleann dhorcha anns an do ghlaodh e an éigin anama, Mò Dhia, mo Dhia, car son a threig thu mi, thug e dha co-chomunn cho dlùth agus cho sòlasach ris fhein 's nach measadh e gu'm b' airidh pian na feòla a bhi air a choimeas ris an aoibhneas spioraid sin. Bhruchd gràdh is maitheas Dhe a steach air a chridhe mar thuil.

Chan 'eil ach fìor bheagan dhaoine nach cuir teagamh ann an gràdh Dhe uair no uair-eigin, gu sonruichte ma tha a làmh air a leagadh orra gu trom. Tha an diadhair a sgrìobh an litir chum nan Eabhruidheach ag ràdh gu'n robh Crìosd air a bhuaireadh anns na h-uile nithean air an dòigh cheudna ruinne, agus nach faodar a ràdh le h-urram gu'n d' fhuair Prionnsa an t-saoghail làn chothrom am buaireadh sin a chur ann an imtinn Mhic an duine aig an àm so. Ach ma chuir, cha

ed' thug Mac an duine àite do'n droch smuain aon mhionaid. Ged a bha an saoghal a' faotainn na buadha air, cho fad agus a bu léir do shùil duine, agus a bha uachdarain an t-saoghail an impis a ghlacadh le làmhachas-làidir agus gu h-eucorach, cha do chaill e carbsa ann an gràdh is maitheas Dhe. Ann an uaigneas na beinne, air dha bhì ag ùrnuigh, fhuair e dearbhachd ùr air gràdh Athar, agus dearbhachd ùr, mar an ceudna, gu'n robh e gluasad a réir toil Dhe, agus gu'n robh rùintean Dhe 'g an coimhlionadh ann, ged nach bu léir do'n t-saoghal e. Thug an t-eòlas so a leithid de shòlas agus de aoibhneas do Chrìosd 's gu'n do las aghaidh le glòir nan nèamh.

Air a' bheinn choisrig Crìosd e fein as ùr, corp is spiorad, do sheirbhis Dhe agus do sheirbhis a bhràithrean; agus bha an guth a thàinig o nèamh 'n a chomharra follaiseach gu'n do ghabh Dia ris an iobairt thàitnich a thairg e. "Is e so mo mhae gràdhach anns a bheil mo mhór thlachd."

Trì uairean chuala Crìosd an guth aoibhneach sin rè a chuairt air thalamh; aig abhainn Iordain, air beinn Hermon, agus ann am baile Ierusalem. Aig na h-amanuan sin bha cudthrom na h-obair a thugadh dha ri dheanamh a' luidhe gu trom air a chridhe, ach ged a bha fheòil anfhann mar fheòil a bhràithrean, bha a spiorad toileach agus a thoil suidhichte, is rachadh e air aghaidh eadhon gu bàs. Agus

a chionn nach do thoilich e an fheòil no toil na feòla, agus gu'n robh e umhail do Dhia anns gach ceum, bheannaich is sheulaich Dia dìlseachd a sheirbhisich le guth as na nèamhan, "Is tu mo mhae anns a bheil mo mhór thlachd."

Ach ged bha Hermon 'na ionad a bu naoimhe do'n t-Slàmghear féin na bha e do na deisciobuil, agus ged b' ann air a sgàth-san a threoraich spiorad Dhe do'n bheinn iad, fhuair na deisciobuil mar an ceudna fiosrachadh sòlasach agus bu mhaith dhaibh gu'n robh iad ann. Ged nach do mhair an sealladh ach greis bheag, bha iad cinnteach gu'm faca iad glòir an Tighearna. Dh' fhairich iad gu'n robh Dia dlùth dhaibh, agus bha an intinnean air an toirt fo bhuidh an t-saoghail neo-fhaicsinnich.

Chan 'eil e comasach do'n chuid as motha de dhaoine a bhì fo bhuidh nithean àrd is spioradail daonnan. Tha an fheòil anfhann agus tha neul a' pheacaidh agus na feòla a' seasamh eadar iad is nithean maiseach an t-saoghail spioradail. Ach is maith a dh' éireas dhaibh na bhios iad air an togail suas an dràs 's a rithist os an cionn féin, agus ma ch' iad plathadh beag de' ghlòir an Uile-chumhachdaich. Is e sin na h-amanann as fhiach cuimhne a chumail orra, oir tha iad do dh' anam an duine 'n an dearbhadh air na nithean a ta siorruidh, agus 'n an roimh-bhlas de'n aoibhneas mhór a tha feitheamh air sluagh an Tighearna, 'nuair a ch' iad e aghaidh ri aghaidh.

Aig an Uinneig

An fheadhainn nach maireann

AIR a' mhìos a chaidh seachad shiubhail dà mhinistear ghasda air am bi iomdrainn anns a' Ghàidhealtachd: Dùghall Mac Gille-mhaoil, a bha 's an Eaglais Shear, an Tairbeart Chinn-tìre, agus Niall Mac Gillfhaolain, M.A., a bha 's an Eaglais Shiar, am baile Inbhir-nis.

Thàinig am bàs gu h-obann air Mghr Mac Gille-mhaoil air feasgar na Sàbaid an déidh dha an t-seirbhis-fheasgair a chrìochnachadh. Bha e còig is trì fhichead a dh' aois. Bha e air a thogail anns an Eaglais Shaoir, is tha mi an dùil gu robh e greis ann an Raoghard m' an deachaidh e do'n Tairbeart. Tha e 'n am inntinn cuideachd gu robh e uair-eigin ann an Lios-mor, ach chan 'eil mi cinnteach. Cha robh ach beagan eòlais agam air, ach o'n bheagan sin fhéin, tha fhios agam gu'm bu duine ciùin e a bha sìtheil agus dìchiollach 'n a obair.

B' aithne dhomh Niall Mac Gillfhaolain na b' fheàrr. Bha e tinn o chionn greis le galair air nach 'eil leigheas, air chor agus nach robh

dùil ri sgeul eile uime ach naidheachd a bhàis. Cha robh e ach ochd deug is dà fhichead ged tha iomadh bliadhna o bha a cheann cho geal ri canach an t-sléibhe.

Rugadh e am Baile-mhanaich, am Beinn-na-faoghla; bha e air oileanachadh an Cinn-ghiuthsaich agus an Oil-thigh Ghlaschu; bha e greis 'n a fhear-cuideachaidh am Bail-ùr an t-Sléibhe, am Bàideanach; agus air a shuidheachadh an Cill Mhàrtainn, an 1905. An 1910 dh' fhàg e Cill Mhàrtainn is chaidh e do Chill-a-rubha, an Ile; á Ile chaidh e do Chnoc Mhoire, an Aird Mhic Shimidh, an 1912; agus as a sin chaidh e do'n Eaglais Shiar an Inbhir-nis an 1917. Bha e pòsda dà uair, is dh' fhàg e as a dhéidh bantrach agus dithis chloinne.

Bha Niall Mac Gillfhaolain mór 'n a phearsa agus car mall 'n a ghluasad, ach bha e 'n a fhìor dhuine còir. Bha e 'n a shearmonaiche maith ris am bu toigh le daoine a bhì ag éisdeachadh, agus 'n a dhòl a mach 's a steach am measg an t-sluaigh bha e coibhneil, faireachdail, iriosal, is bha meas aig a h-uile duine air.





